




. ~~L. 35. f.~~

ABS. 1.95.15 (1-2)







Digitized by the Internet Archive  
in 2012 with funding from  
National Library of Scotland





*Isabella Guthrie*  
*of Perth*  
**TIOMNADH NUADH**


AR

TIGHEARNA AGUS AR SLANUIGHIR

**IOSA CRIOSD.**

EADAR-THEANGAICHTE

O'N GHREUGAIS CHUM GAELIC ALBANNAICH.



---

**EDINBURGH:**

PRINTED FOR THE SOCIETY IN SCOTLAND FOR PROPAGATING  
CHRISTIAN KNOWLEDGE, AND SOLD AT  
THEIR LIBRARY.

---

1821.



THOMAS ADAM NUNN

THOMAS ADAM NUNN

THOMAS ADAM NUNN

Entered in Stationers' Hall.

THOMAS ADAM NUNN



THOMAS ADAM NUNN

THOMAS ADAM NUNN

Printed at the University Press.

1851

# ADVERTISEMENT

*To the Edition of 1796.*

---

IN the year 1767, the Society for propagating Christian Knowledge published the first edition of the following translation of the New Testament, into the Gaelic language. In the opinion of good judges, the work was executed in the most faithful manner, and it has been well received in every part of the Highlands. The author, however, was himself sensible that it was susceptible of improvement, and in an interleaved copy marked with his own hand several corrections, which in the present edition have been carefully made. With a view to its further improvement, the translation has lately, in whole or in part, been revised by gentlemen in different parts of the Highlands, who were every way qualified for that important task, and have freely communicated their remarks to the editor. He has ventured, however, to make no alterations, but such as, on a critical examination, appeared necessary and important, and such as the author himself, had he been in life, would have probably approved of.

In the original, some words not unfrequently occur, which may be differently interpreted. In such cases, that signification which was judged the most proper has been always adopted. The other meanings have, however, been in many instances given at the bottom of the page.





# GENERAL RULES

FOR READING THE

## GAELIC LANGUAGE.

---

### OF THE LETTERS.

**I**N the Gaelic language there are eighteen letters, viz. *a, b, c, d, e, f, g, h, i, l, m, n, o, p, r, s, t, u*; which are divided into vowels and consonants.

### OF THE VOWELS.

There are five vowels, *a, e, i, o, u*.

*A* is sounded as in the English words *hall, halt*; but before *dh* and *gh* it has often the sound of the diphthong *ao*, as in *lagh, law, magh, a field*.

*E* represents two different sounds: 1st, That of the Greek epsilon, or of *ea* in the English word *bear*; as in *ré*, the moon, *an dé*, yesterday: 2dly, That of *a* in *care*; as in *e* or *se* he, *rè* during the time of.

*I* is sounded like *ee* in English; *O*, as in the words *bone, morn, lot*; and *U* like *oo* in *moon, fool*.

The vowels are divided into BROAD and SMALL. *A, o, u*, are called broad vowels; and *e, i*, small.

In a word of two or more syllables, if the former ends with a broad vowel, the next syllable must begin with a broad vowel; if with a small vowel, with a small. Accordingly, it is reckoned false orthography to write *deanibh* do ye, and not *deanaibh*, though the last *a* is never sounded. But in compound words this rule may often be properly dispensed with.

All the vowels are sometimes long, sometimes short. When long, they are generally marked with accents.

In all the syllables of Polysyllables, except the first, the vowels have a short and obscure sound, as in the English words *sun, bird, mother*; and the broad, and sometimes the small, are used for one another.

### OF THE DIPHTHONGS.

There are thirteen diphthongs, viz. *ae, ai, ao, ea, ei, eo, eu, ia, io, iu, oi, ua, ui*; which are either PROPER or IMPROPER.

*Ao* and *eu* are improper diphthongs, representing simple sounds; the former of which is perhaps peculiar to this language, and only attainable by the ear: The latter is like that of the Greek epsilon, or the Latin *æ*.

All the other diphthongs are proper; the sound of each of the vowels that enters into their composition being more or less heard. In *ae*, *ai*, *ei*, *oi*, *io*, *ia*, *ua*, and *ui*, the last vowel, and in *ea*, *eo*, and *iu*, the first vowel is but faintly sounded.

The diphthongs *eu*, *ia*, and *ua*, are always long. The other diphthongs are sometimes long, sometimes short.

## OF THE TRIPHTHONGS.

There are five triphthongs, viz. *aoi*, *coi*, *iai*, *iu*, *uai*. They are pronounced like the diphthongs *ao*, *co*, *ia*, *iu*, and *ua*, with the addition of a short *i*. They are all long, and never occur but in monosyllables, or the first syllables of polysyllables.

## OF THE CONSONANTS.

There are thirteen consonants, viz. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *h*, *l*, *m*, *n*, *p*, *r*, *s*, *t*; which are divided into MUTABLE and IMMUTABLE.

The mutable are such as, by having an *h* subjoined to them, either alter or lose their usual sound, viz. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *m*, *p*, *s*, *t*.

The immutable consonants are such as are never aspirated, or have an *h* subjoined to them, viz. *l*, *n*, *r*.

After a short vowel or diphthong, the consonants are generally pronounced as when written double in English. Thus, *cos* a foot, *aran* bread, are to be pronounced as if written *coss*, *arran*.

A consonant standing alone is sounded as if it were the initial letter of the following word, if it begins with a vowel, or as the final letter of the preceding word, if it ends with a vowel; as *an t-anam* the soul, *le d' chridhe* with thy heart, to be pronounced *an tanam*, *led chridhe*.

*Bh* and *mh* have the sound of *v* in English. Thus *a bhean* his wife, *a mhàthair* his mother, are to be read as if written *a vean*, *a vathair*. *Mh* in the middle and end of polysyllables is often either silent, or stands for a gentle aspiration.

*C* is always sounded as the Greek *κ*, or *k* in English. Thus, *car* a turn, *ceann* a head, are to be pronounced *kar*, *keann*. *Ch* has the sound of the Greek *χ*, or of *gh* in *lough*, as the Irish pronounce it.

*Dh* and *gh*, in the beginning of words, are commonly sounded like the English consonant *y* in *you*, *your*. Thus, *dha* to him, *a ghaol* his love, are to be pronounced as if written *ya*, *a yaol*. In the middle, or end of words, they are often silent, or have the sound of a faint aspiration.

*Fh* is silent; as *fheara* O men, *gun fhios* without notice, to be read 'eara, *gun 'ios*; but *fhuair* he found, is to be read as *huair*, the *f* only being quiescent.

*G* is always sounded as in the English words *get*, *good*.

*PH* has the sound of *f*: as in *phill e* he returned, to be pronounced *fill e*.

*S* before or after a broad vowel in the same syllable, is sounded as in English. But, when immediately before or after a small vowel, it has the sound of *sh*. It has the same sound in *so* this, *sud* yonder, to be pronounced *sho*, *shud*. *S* in the beginning of words, when preceded by the article, with a *t* intervening, is silent: Thus, *an t-sùil* the eye is to be pronounced as if written *an tùil*. *S* has the same sound as in English in *is* is, *is* or *as* and.

*Sh* and *th* in the beginning of words have the sound of *h* alone. Thus, *a' bhean shona* the happy woman, *a' chainnt thlà* the smooth speech, are to be pronounced *a vean hona*, *a chainnt hlà*. *Th* after a long vowel, diphthong, or triphthong, is nearly silent; but, after a short vowel or diphthong, it has the force of a rapid aspiration, as in *crith* shaking, *ruith* or *ruidh* running.

The immutable consonants, *l*, *n*, *r*, when initials of words not connected with others in a sentence, have a soft double sound, to be learned only by the



ear. But wherever the order of construction requires that the mutable consonants should be aspirated, the immutable lose their double sound, and are pronounced nearly as in English. Thus, the initial letters of the adjectives *mòr* great, and *luath* swift, when joined with feminine substantives in the nominative singular, must be sounded like *v* and *l* in English ; as *beinn mhòr* (*vòr*) a great mountain, *cos luath* a swift foot. But with masculine substantives they retain their primitive sound, as *fear mòr* a great man, *cù luath* (*lluath*) a swift dog.

When the consonants *l*, *n*, *r*, have their double sound in the middle or end of words, they are written double, as in *gall* a foreigner, *fearr* better.

# *Leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh.*

|          |                                  |           |              |                              |           |
|----------|----------------------------------|-----------|--------------|------------------------------|-----------|
| <b>S</b> | <b>SOISGEUL MHATA, ANNS AM</b>   |           | <b>2</b>     | <b>LITIR PHOLL CHUM NAN</b>  |           |
|          | <b>BHEIL.....</b>                | <b>28</b> | <b>CAIB.</b> | <b>TESALONIANACH.....</b>    | <b>3</b>  |
|          | <b>SOISGEUL MHARCUIS.....</b>    | <b>16</b> | —            | <b>1 TIMOTEUIS.....</b>      | <b>6</b>  |
|          | <b>SOISGEUL LUCAIS.....</b>      | <b>24</b> | —            | <b>2 TIMOTEUIS.....</b>      | <b>4</b>  |
|          | <b>SOISGEUL EOIN.....</b>        | <b>21</b> | —            | <b>TITUIS.....</b>           | <b>3</b>  |
|          | <b>GNIOMHARA NAN ABSTOL.....</b> | <b>28</b> | —            | <b>PHILEMOIN.....</b>        | <b>1</b>  |
|          | <b>LITIR PHOIL CHUM NAN</b>      | —         | —            | <b>EABHRUIDHEACH.....</b>    | <b>13</b> |
|          | <b>ROMHANACH.....</b>            | <b>16</b> | —            | <b>LITIR SHEUMAIS.....</b>   | <b>5</b>  |
| <b>1</b> | <b>CORINTIANACH.....</b>         | <b>16</b> | —            | <b>LITIR 1 PHEADAIR.....</b> | <b>5</b>  |
| <b>2</b> | <b>CORINTIANACH.....</b>         | <b>13</b> | —            | <b>LITIR 2 PHEADAIR.....</b> | <b>3</b>  |
|          | <b>GALATIANACH.....</b>          | <b>6</b>  | —            | <b>LITIR 1 EOIN.....</b>     | <b>5</b>  |
|          | <b>EPHESIANACH.....</b>          | <b>6</b>  | —            | <b>LITIR 2 EOIN.....</b>     | <b>1</b>  |
|          | <b>PHILIPIANACH.....</b>         | <b>4</b>  | —            | <b>LITIR 3 EOIN.....</b>     | <b>1</b>  |
|          | <b>COLOSIANACH.....</b>          | <b>4</b>  | —            | <b>LITIR IUDAIS.....</b>     | <b>1</b>  |
| <b>1</b> | <b>TESALONIANACH.....</b>        | <b>5</b>  | —            | <b>TAISBEANADH EOIN.....</b> | <b>22</b> |

## AN SOISGEUL

A REIR

# M H A T A.

---

### CAIB. I.

1 *Sinnsearachd, 18 Gineamhuin, 21 breith, 23 agus mineachadh ainm Chrìosd.*

**L**EABHAR ginealaich Iosa Crìosd, mhic Dhaibhi, mhic Abrahamain.

2 Ghin Abraham Isaac, agus ghin Isaac Iacob, agus ghin Iacob Iudas agus a bhràithrean.

3 Agus ghin Iudas Phares agus Sara o Thamar, agus ghin Phares Esrom, agus ghin Esrom Aram.

4 Agus ghin Aram Aminadab, agus ghin Aminadab Naason, agus ghin Naason Salmon.

5 Agus ghin Salmon Boos o Rachab, agus ghin Boos Obed o Rut, agus ghin Obed Iese.

6 Agus ghin Iese Daibhi an rìgh, agus ghin Daibhi an rìgh Solomon o'n mhnaoi a bha aig Urias.

7 Agus ghin Solomon Roboam, agus ghin Roboam Abia, agus ghin Abia Asa.

8 Agus ghin Asa Iosaphat, agus ghin Iosaphat Ioram, agus ghin Ioram Osias.

9 Agus ghin Osias Ioatam, agus ghin Ioatam Ahas, agus ghin Ahas Esecias.

10 Agus ghin Esecias Manases, agus ghin Manases Amon, agus ghin Amon Iosias.

11 Agus ghin Iosias Iechonias agus a bhràithre, mu àm an giùlain do Bhabìlon.

12 Agus an déigh an toirt do Bhabìlon, ghin Iechonias Salatiel, agus ghin Salatiel Serobabel.

13 Agus ghin Serobabel Abiud, agus ghin Abiud Eliacim, agus ghin Eliacim Asor.

14 Agus ghin Asor Sadoc, agus ghin Sadoc Achim, agus ghin Achim Eliud.

15 Agus ghin Eliud Eleasar, agus ghin Eleasar Matan, agus ghin Matan Iacob.

16 Agus ghin Iacob Ioseph fear Mhuire, o'n d'rugadh Iosa, d'an goir-ear Crìosd.

17 Uime sin na h-uile ginealaich o Abraham gu Daibhi, is ceithir ginealaich deug iad; agus o Dhaibhi gu bruid Bhabìloin, ceithir ginealaich deug; agus o bhruid Bhabìloin gu Crìosd, ceithir ginealaich deug.

18 Agus mar so bha breith Iosa Crìosd: oir an déigh do cheangal pòsaidh bhi air a dheanamh eadar a mhàthair Muire agus Ioseph, roimh dhoibh teachd cuideachd, fhuaradh torrach i o'n Spiorad Naomh.

19 Ach air bhi do Ioseph a fear 'na dhuine cothromach, agus gun toil aige ball-sampuill a dheanamh dh'i, bu mhiann leis a cur uaith os ìosal.

20 Ach ag smuaineachadh nan nithese dha, feuch, dh'fhoillsich aingeal an Tighearna e fein da am bruidar, ag radh, A Ioseph, a mhic Dhaibhi, na biodh eagail ort do bhean Muire a ghabhail ad'ionnsuidh: oir an ni a ta air a ghineamhuin innte, is ann o'n Spiorad Naomh e.

21 Agus beiridh i mac, agus bheir thu Iosa dh'ainm air; oir saoraidh<sup>a</sup> se a phobull fein o'm peacabhaibh.

22 (Agus rinneadh so uile, chum



gu coimhliontadh an nì a thubhairt an Tighearna leis an fhàidh, ag radh,

23 Feuch, bithidh maighbdean torrach, agus beiridh i mac, agus bheir iad Emanuel a dh'ainm air, 's ionann sin r'a radh, air eadar-theangachadh, Dia maille ruinn.)

24 Agus air mosgladh do Ioseph as a chodal, rinn e mar a dh'iarr aingeal an Tighearn air, agus ghabh e d'a ionnsuidh a bhean :

25 Agus cha d'aithnich e i gus an d'rug i a ceud-glhin mic; agus thuge Iosa dh'ainm air.

## C A I B. II.

1 Thug na *Druidhean urram do Chrìosd*; 14 *Theich Ioseph leis do'n Eiphit*, 16 agus mharbh Herod na leanabana.

**A** GUS an uair a rugadh Iosa am Betlehem Iudea, an laithibh Heroid an rìgh, feuch, thainig druidhean<sup>b</sup> o'n aird an ear gu Hierusalem,

2 Ag radh, C'ait am bheil rìgh sin nan Iudhach a ta air a bhreith? oir chunnaic sinne a' reult san aird an ear, agus a ta sinn air teachd a thabhairt aoraidh<sup>c</sup> dha.

3 An uair a chual Herod an rìgh sin, bha e fuidh thrioblaid<sup>d</sup>, agus Hierusalem uile maille ris.

4 Agus air cruinneachadh nan ard shagart uile dha, agus sgrìobhuichean a' phobuill, dh' fheòraich e dhiubh c'ait an robh Crìosd gu bhi air a bhreith.

5 Agus thubhairt iad ris, Am Betlehem Iudea: oir mar so sgrìobhadh leis an fhàidh;

6 Agus thusa Bhetlehem an tìr Iuda, cha tu idir is lugha am measg phrionnsadh<sup>e</sup> Iuda: oir asadsa thig Uachdaran a stiùras mo phobull Israel.

7 An sin air do Herod na druidhean a ghairm os ìosal d'a ionnsuidh, gheur-fhiosruich e dhiubh cia an t-àm an d'fhoillsicheadh an reult.

8 Agus chuir e iad gu Betlehem, agus thubhairt e, Imichibh, agus iarruibh gu dìchiollach an naoidhean, agus an déigh fhaotainn<sup>f</sup> dhuibh, inn-

sibh dhomhsa e, chum gu rachamsa fein, agus gu deanam aoradh dha.

9 Agus an uair a chual iad an rìgh, dh'imich iad; agus feuch, chaidh an reult a chunnaic iad san aird an ear rompa, gus an d'thainig i agus gu'n do stad i os cionn an ionaid an robh an naoidhean.

10 Agus an uair a chunnaic iad an reult, rinn iad gairdeachas le h-aobhneas ro mhòr.

11 Agus air dol a steach dhoibh do'n tigh, fhuair iad an naoidhean am fochair<sup>g</sup> a mhàthar Muire, agus thuit iad sìos, agus rinn iad aoradh dha: agus air fosgladh an ionmhas dhoibh, thug iad dha tiodhlacan; òr, agus tùis, agus mirr.

12 Agus air faotainn rabhaidh o Dhia am bruadar, gun iad a philltinn a dh'ionnsuidh Heroid, chaidh iad d'an dùthaich fein air slighe eile.

13 Agus an uair a dh'imich iad air an ais, feuch, nochdadh aingeal an Tighearna do Ioseph ann am bruadar, ag radh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus teich do'n Eiphit, agus bi an sin gus an labhair mise riut: oir iarruidh Herod an naoidhean g'a mhilleadh.

14 Agus dh'éirich e, agus ghabh e d'a ionnsuidh an naoidhean agus a mhàthair san oidhche, agus dh'imich e do'n Eiphit.

15 Agus bha e an sin gu bàs Heroid: a chum gu coimhliontadh an nì a labhair an Tighearna leis an fhàidh, ag radh, A mach as an Eiphit ghoir mi mo Mhac.

16 An sin an uair a chunnaic Herod gu'n d'rinn na druidhean fanoid air<sup>h</sup>, las e le feirg ro mhòir, agus chuir e luchd-millidh uaith, agus mharbh e na bha do leanabaibh mac am Betlehem, agus 'na crìochaibh uile, ó aois dhà bhliadhna agus fuidh, a réir na h-aimsire a dh'fhòghluim e gu dìchiollach o na druidhibh.

17 An sin choimhlionadh an nì a labhradh le Ieremias am fàidh, ag radh,

18 Chualas guth an Rama, caoi, agus gul, agus bròn ro mhòr, Rachel

<sup>b</sup> daoine glic. <sup>c</sup> onoir. <sup>d</sup> air a bhuaireadh. <sup>e</sup> cheannard. <sup>f</sup> fhaghail.

<sup>g</sup> maille ri. <sup>h</sup> gu'n do mheall na druidhean e.



a' caoineadh a cloinne, agus cha b' àill leatha sòlas a ghabhail, a chionn nach 'eil iad *beo*.

19 Ach an uair a dh'eug Herod, feuch, nochdadh aingeal an Tighearna am bruadar do Ioseph san Eiphit,

20 Ag radh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus imich gu talamh Israeil: oir fhuair an dream a bha 'g iarraidh anama an leinibh bàs.

21 Agus dh'éirich esan, agus ghabh e an leanabh agus a mhàthair d'a ionnsuidh, agus thainig e gu talamh Israeil.

22 Ach an uair a chual e Archelaus a bhi 'na righ an tìr Iudea an ionad Heroid 'athar, bha eagal air dol an sin: ach, air faotainn da rabhaidh o *Dhia* am bruadar, thionndaidh e gu crìochaibh Ghalile:

23 Agus thainig e agus ghabh e còmhnuidh am baile d'an goirear Nasaret, a chum gu coimhliontadh an nì a thubhradh leis na fàidhibh, Gu goirear Nasardha dhieth.

## C A I B. III.

1 *Teagasg agus caitheamh-beatha Eoin Bhaiste; 13 leis an do bhaisteadh Iosa Crìosd.*

**A**GUS anns na laithibh sin thainig Eoin Baiste, a' searmonach am fàsach Iudea,

2 Agus ag radh, Gabhaibh aithreachas: oir a ta rioghachd nèimhe am fogus.

3 Oir is e so an ti ud mu'n do labhair Esaias am fàidh, ag radh, Guth an ti a ghlaodhas anns an fhàsach, Ulluichibh slighe an Tighearna, deanuibh a cheumanna dìreach.

4 Agus bha a chulaidh aig Eoin do fhionna chàmhail, agus crios leathair aige timchioll a leasraidh; agus is e bu bhiadh dha locuist agus mil fhiadhaich.

5 Chaidh Hierusalem a mach d'a ionnsuidh an sin agus Iudea uile, agus luchd àiteachaidh na dùcha timchioll Iordain uile,

6 Agus bhaisteadh iad leissan ann an Iordan, ag aidmheil am peacanna.

7 Ach an uair a chunnaic e mòran do na Phairisich, agus do na Sadusaich a' teachd a chum a bhaistidhsan, thubhairt e riu, A shìol nan nathraiche nimhe, cò a thug rabhadh dhuibhse teicheadh o'n fheirg a ta rii teachd?

8 Air an aobhar sin thugaibh a mach toradh iomchuidh do'n aithreachas.

9 Agus na smuainichibh a radh annaibh fein, A ta Abraham 'na athair againn: oir a ta mi 'g radh ribh, gur comasach Dia air clann a thogail suas a dh' Abraham do na clochaibh sin.

10 Agus a nis a ta an tuadh air a cur ri freumh nan crann: air an aobhar sin, ge b'e crann nach toir a mach toradh maith, gearrar e, agus tilgear san teine e.

11 Gu deimhin ataimse 'gar baisteadh le h-uisge chum aithreachais; ach an ti a thig a'm' dhéigh, is cumhachdaich e na mi, agus cha'n fhiu mise a bhrògan iomchar: baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh, agus le teine:

12 Aig am bheil a ghuit 'na laimh, agus glanaidh e gu ro bhaileach 'ùrlar bualaidh, agus cruinnichidh e a chruineachd d'a thaisg-thigh; ach loisgidh e am moll le teine nach feudar a mhùchadh.

13 An sin thainig Iosa o Ghalile gu Iordan a dh'ionnsuidh Eoin, chum gu'm biodh e air a bhaisteadh leis.

14 Ach bhac Eoin e, ag radh, A ta feum agamsa bhi air mo bhaisteadh leatsa, agus am bheil thusa a' teachd do m' ionnsuidhse?

15 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Leig do'n chùis a bhi mar so a nis: oir mar so is iomchuidh dhuinn gach uile fhìreantachd a choimhlionadh. An sin dh'fhulaing e dha.

16 Agus an uair a bhaisteadh Iosa, chaidh e air ball suas as an uisge; agus feuch, dh'fhosgladh nèamh dha, agus chunnaic e Spiorad Dé a' tuirling! mar choluman, agus a' teachd airsan:

17 Agus feuch, guth o nèamh, ag

radh, Is e so mo Mhac gràdhach, am bheil mo mhòr thlachd.

#### C A I B. IV.

1 *Bhuair an diabhol Criosd an dèis fad throsaidh, 17 An dèigh do Iosa buadhachadh air, thòisich e air searmonachadh.*

**A**N sin threòruicheadh Iosa leis an Spiorad do'n fhàsach, chum gu'm biodh e air a bhuaireadh leis an diabhol.

2 Agus an uair a throisg e dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, an dèigh sin bha ocras air.

3 Agus air teachd do'n bhuaireadair d'a ionnsuidh thubhairt e, Ma's tu Mac Dhé, thoir àithne do na cloch-aibh so a bhì 'nan aran.

4 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Ata e scribedh, Cha'n ann le h-aran amhain a bheathuichear duine, ach leis gach uile fhocal a thig o bheul Dé.

5 An sin thug an diabhol e do'n bhaile naomha, agus chuir e air binn-ein an teampull e,

6 Agus thubhairt e ris, Ma's tu Mac Dhé, tilg thu fein sìos : oir a ta e scribedh, gu toir e àithne d'a aingilb ad' thimchioll, agus togaidh iad suas thu 'nan lamhaibh, chum as nach buail thu uair air bith do chos air cloich.

7 Thubhairt Iosa ris a ris, Ata e scribedh, Cha bhuair<sup>m</sup> thu an Tighearna do Dhia.

8 Thug an diabhol e a ris chum beinne ro aird, agus nochd e dha uile rioghachdan an domhain, agus an gloir :

9 Agus thubhairt e ris, Iad so uile bheir mise dhuit, ma's e air tuiteam dhuit sìos gu'n dean thu aoradh dhomhsa.

10 An sin thubhairt Iosa ris, Imich uam, a Shatain : oir ata e scribedh, Bheir thu aoradh do'n Tighearna do Dhia, agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis.

11 An sin dh'fhàg an diabhol e ; agus feuch, thainig aingil agus fhrith-eil iad da.

12 Ach an uair a chual Iosa gu'n

do chuireadh Eoin an 'aimh, dh'imich e do Ghalile.

13 Agus air fàgail Nasaret da, thainig e agus rinn e còmhnuidh ann an Capernaum, a ta chois na fairge, ann an leth-iomall Shabuloin agus Nephtalim :

14 A chum gu'n coimhliontadh an ni a thubhradh le Esaia am fàidh, ag radh,

15 Talamh Shabuloin, agus talamh Nephtalim, slighe na fairge air an taobh thall do Iordan<sup>n</sup>, Galile nan Cinneach :

16 Am pobull a bha 'nan suidhe an dorchadas, chunnaic iad solus mòr ; agus a ta solus air éirigh do na daoineibh a bha 'nan suidhe an tìr agus an sgàil a' bhàis.

17 O sin a mach thòisich Iosa air searmoin a dheanamh, agus a radh, Gabhaibh aithreachas, oir a ta rioghachd nèimhe am fogus.

18 Agus ag imeachd do Iosa ri taobh fairge Ghalile, chunnaic e dithis bhràithre, Simon d'an goirear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn san fhairge : (oir b'iasgairean iad.)

19 Agus thubhairt e rin, Leanaibh mise, agus ni mi iasgairean air daoineibh dhibh.

20 Agus air ball dh'fhàg iad na lìonta, agus lean iad esan.

21 Agus air triall da as sin, chunnaic e dithis eile bhràithre, Seumas mac Shebede, agus Eoin a bhràthair, ann an luing maille r'an athair Sebede, a' càradh an lìon : agus ghairm e iad.

22 Agus air ball dh'fhàg iad an long agus an athair, agus lean iad e.

23 Agus dh'imich Iosa timchioll Ghalile uile, a' teagasg 'nan sionagogaibh, agus a' searmonachadh soisgeil na rioghachd, agus a' slànuchadh gach gnè thinnis, agus gach gnè eucail am measg an t-sluaigh.

24 Agus chaidh a chliu feadh Shìria uile : agus thug iad d'a ionnsuidh iadsan uile a bha euslan, agus a bha air an cuibhreachadh le galaruibh, agus iomadh gnè phiantuibh, agus iadsan aig an robh deamhain annta, a-



gus air an robh an tuiteamach<sup>o</sup>, agus luchd pairilise<sup>p</sup>; agus shlànuich e iad.

25 Agus lean cuideachd mhòr e o Ghalile, agus o Dhecapolis, agus o Hierusalem, agus o Iudea, agus o na crìochaibh a ta do'n taobh thall do Iordan.

## C A I B. V.

*Searmoìn Chrìosd air a' bheinn, anns am bheil na h-ochd beannachdan, agus mìneachadh an Lagha.*

**A**GUS an uair a chunnaic Iosa an sluagh, chaidh e suas air beinn: agus air suidhe dha, thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh.

2 Agus dh'fhosgail e a bheul, agus theagaisg e iad, ag radh,

3 *Is beannuicht' iadsan a ta bochd 'nan spiorad: oir is leo rioghachd nèimhe.*

4 *Is beannuicht' iadsan a ta ri bròn: oir gheibh iad sòlas.*

5 *Is beannuichte na daoine mac-anta<sup>r</sup>, oir sealbhuichidh iad an talamh mar oighreachd.*

6 *Is beannuicht' an dream air am bheil ocras agus tart na còrach<sup>s</sup>: oir sàsuichear iad.*

7 *Is beannuichte na daoine tròcaireach: oir gheibh iad tròcair.*

8 *Is beannuichte na daoine a ta glan 'nan cridhe: oir chi iad Dia.*

9 *Is beannuichte luchd dheanamh na sìth: oir goirear clann Dé dhiubh.*

10 *Is beannuicht' an dream a ta fulang geur-leanmhuinn air son na còrach: oir is leo-san rioghachd nèimhe.*

11 *Is beannuichte bhitheas sibh an uair a bheir daoine anacainnt dhuibh, agus a ni iad geur-leanmhuinn oirbh, agus a labhras iad gach uile dhroch fhocal ribh gu breugach air mo sgàthsa.*

12 *Deanuibh gairdeachas, agus bi-thibh ro shubhach: oir is mòr bhur duais air nèamh: oir mar sin rinn iad geur-leanmhuinn air na fàidhibh a bha roimhibh.*

13 *Is sibhse salann na talmhainn:*

gidheadh ma chailleas an salann a bhlas, ciod leis an saillear e? cha 'n 'eil feum ann o sin suas, ach a thilg-eadh mach, agus a shaltairt fa chos-aibh dhaoine.

14 *Is sibhse solus an t-saoghail. Cha'n fheudar baile a ta air a shuidh-eachadh air sliabh fhòlach.*

15 *Agus cha las daoine coinneal, chum as gu'n cuir iad i fuidh shoith-each, ach ann an coinneir, agus ni i solus do na'm bheil a stigh.*

16 *Gu ma h-ann mar sin a dheal-ruicheas bhur solus an làthair dhaoine, chum as gu faic iad bhur deadh oibre, agus gu toir iad glòir do bhur n-A-thair a ta air nèamh.*

17 *Na measaibh gu'n d'thainig mise a sgaoileadh an lagha no nam fàidh; ni h-ann<sup>t</sup> a sgaoileadh a thainig mi, ach a choimhlionadh.*

18 *Oir a deirim<sup>u</sup> ribh gu firinneach, Gus an d'theid<sup>a</sup> nèamh agus talamh thairis, cha d'theid aon lide<sup>b</sup> no aon phunc do'n lagh thairis, gus an coimhlionar gach aon ni.*

19 *Air an aobhar sin ge b'e neach a sgaoileas aon do na h-aitheantaibh so a's lugha, agus a theagaisgeas daoine mar sin, goirear an duine is lugha dheth ann an rioghachd nèimhe: ach ge air bith neach a ni, agus a theagaisgeas iad, goirear duine mòr dheth ann an rioghachd nèimhe.*

20 *Oir a deirim ribh, Mur toir bhur fireantachda barrachd air fireantachd nan scrìobhuiche agus nam Phairiseach, nach d'theid sibh air chor-air bith a steach do rioghachd nèimhe.*

21 *Chuala sibh, gu'n dubhradh rìs na sinnsiribh, Na dean mortadh; agus ge b'e neach a ni mortadh, bi-thidh se an cunnart a' bhreitheanais.*

22 *Ach a deirimse ribh, Ge b'e neach aig am bi fearg r'a bhràthair gun aobhar, gu'm bi e an cunnart a' bhreitheanais: agus ge b'e neach a their r'a bhràthair, Raca, gu'm bi e an cunnart na comhairle: ach ge b'e neach a their, Amadain, gu'm bi e an cunnart teine ifrinn.*

<sup>o</sup> tinneas na gealaich. <sup>p</sup> crith-ghalair. <sup>r</sup> ciuin, ceannsaich. <sup>s</sup> a'cheartaich, na fireantachd. <sup>t</sup> cha'n ann. <sup>u</sup> ta mi 'g radh, theiream. <sup>a</sup> an tìid. <sup>b</sup> aon iota.



25 Uime sin ma bheir thu do thabhartas<sup>c</sup> chum na h-altaire, agus gu'n cuimhnich thu an sin gu bheil ni air bith aig do bhràthair a' d' aghaidh;

24 Fag do thabhartas an sin an làthair na h-altaire, agus imich, agus dean réite air tùs ri d' bhràthair, agus an déigh sin thig agus tabhair uait do thiodhlacadh.

25 Bi réidh ri d' eascaraid gu luath, am feadh a bhios tu maille ris san t-slighe; air eagal gu'n toir an t-eascarachd thairis thu do'n bhrèitheamh, agus gu'n toir am breitheamh thu do'n mhaor, agus gu tilgear am prìosun thu.

26 A deirim riut gu firinneach nach téid thu mach as sin, gus an òc thu an fheoirling dheireannach.

27 Chuala sibh gu'n dubhradh ris na sinnsiribh, Na dean adhaltrannas.

28 Ach a deirimse ribh, Ge b'e neach a dh'amhairceas air mnapi chum a miannachadh, gu'n d'rinn e adhaltrannas leatha cheana 'na chridhe.

29 Agus ma bheir do shùil dheas aobhar tuislidh dhuit, spìon a mach i, agus tilg uait i: oir is fearr dhuit gu sgriosar aon do d' bhallaibh, na do chorp uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.

30 Agus ma bheir do lamh dheas oilbheum dhuit, gearr dhìot i, agus tilg uait i: oir is fearr dhuit gu sgriosar aon do d' bhallaibh, na do chorp uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.

31 Agus thubhradh, Ge b'e chuirceas a bhean phòsda air falbh, thugadh e litir dhealaich dh'i.

32 Ach a deirimse ribh, Ge b'e neach a chuireas air falbh a bhean phòsda fein, ach a mhàin air son strìopachais, gu bheil e toirt oirre adhaltrannas a dheanamh: agus an ti a phòsas a' bhean sin a chuireadh air falbh, a ta e a' deanamh adhaltrannais.

33 Mar an ceudna, chuala sibh gu'n dubhradh ris na sinnsiribh, Na tabhair mionnan eitheich, ach coimh-lion do mhionna do'n Tighearna.

34 Ach a deirimse ribh, Na tug-

aibh mionnan idir: na *tugaibh* air nèamh, oir is e rìgh-chaithir Dhé e.

35 Na *tugaibh* air an talamh, oir is e stòl a chos e: na *tugaibh* air Hierusalem, oir is e baile an rìgh mhòir e.

36 Na tabhair mionnan air do cheann, oir cha'n urrainn thu aon fhoiltean a dheanamh geal no dubh.

37 Ach gu ma h-e a's comhradh dhuibh, 'Seadh, 'seadh. Ni h-eadh, ni h-eadh; oir ge b'e ni a bhios os cionn so, is ann o'n ole a ta e.

38 Chuala sibh gu'n dubhradh, Shùil air son sùla, agus fiacail air son fiac-la.

39 Ach a deirimse ribh, Na cuiribh an aghaidh an uile: ach ge b'e neach a bhuailas tu air do ghial deas, tionndaidh chuige an gial eile mar an ceudna.

40 Agus an ti le'm b'àill thusa a thagradh san lagh, agus do chòta a bhuin dìot, leig leis t'fhalluing mar an ceudna.

41 Agus ge b'e bheir leis air feadh mìle a dhaindeoin thu, imich leis air feadh dhà mhìle.

42 Tabhair do'n ti a dh'iarras ort, agus uathsan le'm bu mhiann iasachd fhaotainn uait, na pill air falbh.

43 Chuala sibh gu'n dubhradh, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach, agus bithidh fuath agad do d' nàmhaid.

44 Ach a deirimse ribh, Biodh gràdh agaibh do bhur naimhdebh, beannaichibh an droing a mhallaicheas sibh, deanaibh maith do na daoineibh air am beag sibh, agus deanaibh ùrnuigh air son na muinntir a ta buntuin ribh gu naimhdeil, agus a ta 'g ar geur-leanmhuinn:

45 A chum gu'm bi sibh 'n ar cloinn aig bhur n-Athair a ta air nèamh, oir a ta esan a' tabhairt air a ghrèin fein éirigh air na droch dhaoineibh, agus air na deadh dhaoineibh, agus a' cur uisge air na fìreanaibh agus air na neo-fhìreanaibh.

46 Oir ma bhios gràdh agaibh do'n mhuinntir aig am bheil gràdh dhuibh, ciod an duais a gheibh sibh? nach 'eil eadhon na cìs-mhaoir a' deanamh an ni ceudna?

47 Agus ma chuireas sibh fàilte air bhur bràithribh fein a mhàin, ciod a tha sibh a' deanamh thar chàch? nach 'eil na cìs-mhaoir fein a' deanamh an ni ceudna?

48 Air an aobhar sin bithibhse coimhlionta<sup>e</sup> mar a ta bhur n-Athair a ta air nèamh coimhlionta.

## C A I B. VI.

*Leantuinn na searmon air a' bheinn, anns am bheil Criosd a' labhairt mu dhéirc, 5 mu ùrnuigh, 14 mu mhaitheanas d'ar bràithribh, &c.*

**T**HUGAIBH an aire nach toir<sup>f</sup> sibh bhur déirc am fianuis dhaoine, chum gu 'm faicear leo sibh: no cha 'n fhaigh sibh tuarasdal o bhur n-Athair a ta air nèamh.

2 Uime sin, an uair a bheir thu do dhéirc, na toir fa'near galltomp a shéideadh romhad, mar a ni na cealgairean, anns na sionagogaibh, agus anns na sràidibh, chum as gu faigh iad glòir o dhaoineibh. Gu fìrinneach a deirimse ribh, gu bheil an tuarasdal aca.

3 Ach an uair a bheir thusa déire, na biodh fios aig do laimh chli ciod a ta do lamh dheas a' deanamh:

4 Chum gu'm bi do dhéirc am folach: agus bheir t'Athair a chi am folach, duais dhuitse os aird.

5 Agus an uair a ni thu ùrnuigh, na bi mar luchd an fhuar-chràbhaidh: oir is ionmhuinn leo ùrnuigh a dheanamh sna sionagogaibh, agus ann an coinneachadh nan sràid 'nan seasamh, chum gu faicear le daoineibh iad. Gu deimhin a deirimse ribh, gu bheil an tuarasdal aca.

6 Ach thusa, an uair a ni thu ùrnuigh, imich a steach do d' sheomar, agus air dùnadh do dhoruis duit, dean ùrnuigh ri t'Athair a ta an uaignidheas, agus bheir t'Athair a chi an uaignidheas, duais dhuit gu follaiseach.

7 Ach ag deanamh ùrnuigh dhuibh, na gnàthaichibh ath-iartais dhìomhain, mar na Cinnich: oir saoilidh iadsan gu'n éisdear riu air son lìon-mhoireachd am focla.

8 Uime sin na bithibhse cosmhuil riu: oir a ta fios aig bhur n-Athair cia iad na nithe a ta dh'uireasbhuidh oirbh, mun iarr sibh air iad.

9 Air an aobhar sin deanaibhse ùrnuigh air a' mhodh so: Ar n-Athair a ta air nèamh, Gu naomhaichear t'ainm.

10 Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh, mar a nithear air nèamh.

11 Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran laitheil.

12 Agus maith dhuinn ar fiacha, amhuil mar a mhaitheas sinne d'ar luchd-fiach<sup>g</sup>.

13 Agus na leig am buaireadh sinn, ach saor sinn o olc: Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghloir, gu sìorruidh. Amen.

14 Oir ma mhaitheas sibh an cionta do dhaoineibh, maithidh bhur n-Athair nèmhaidh dhuibhse mar an ceudna.

15 Ach mur maith sibh an cionta do dhaoineibh, cha mhò a mhaitheas bhur n-Athair dhuibhse bhur cionta.

16 Agus an uair a ni sibh trosgadh, na bitheadh gruaim air bhur gnùis, mar luchd an fhuar-chràbhaidh: oir cuiridh iadsan mi-dhreath air an aghaidh chum gu faicear le daoineibh iad a bhi trosgadh. Deirim ribh gu fìrinneach gu bheil an tuarasdal aca.

17 Ach thusa, an uair a ni thu trosgadh, cuir ola air do cheann, agus ionnail t'aghaidh<sup>h</sup>:

18 Chum nach faicear le daoineibh gu bheil thu a' deanamh trosgaidh, ach le t' Athair a ta an uaignidheas: agus bheir t' Athair a chi an uaignidheas, duais dhuit gu follaiseach.

19 Na taisgibh dhuibh fein ionmhais air an talamh, far an truaili an leomann<sup>i</sup> agus a' mheirg e, agus far an cladhaich na meirlich a stigh agus an goid iad.

20 Ach taisgibh ionmhais dhuibh fein air nèamh, far nach truail an leomann no a' mheirg, agus nach cladhaich agus nach goid na meirlich.

21 Oir ge b'e ball am bheil bhur

<sup>e</sup> foirfe, dìongmhalta. <sup>f</sup> dean. <sup>g</sup> feichneibh. <sup>h</sup> t'eudan. <sup>i</sup> mill.

<sup>1</sup> an reudan, a'mhiol chrìon.



n-ionmhas, is ann an sin a bhios bhur cridhe mar an ceudna.

22 Is i an t-sùil solus a' chuirp : uime sin ma bhios do shùil glan, bithidh do chorp uile làn soluis.

23 Ach ma bhios do shùil gu h-olc, bithidh do chorp uile dorch. Air an aobhar sin ma ta an solus a ta annad 'n a dhorchadas, cia mòr an dorchadas sin ?

24 Cha'n urrainn neach air bith seirbhis a dheanamh do dhà Thigh-earna : oir an dara cuid bithidh fuath aige do neach aca, agus gràdh do neach eile ; no gabhuidh e le neach aca, agus ni e tàir air neach eile. Cha 'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamòn.

25 Uime sin a deirimse ribh, Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh'itheas no dh'òlas sibh ; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh : an e nach mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na'n t-eudach ?

26 Amhaircibh air eunlaith an a-thair : oir cha chuir iad sìol, agus cha bhuain iad, agus cha chruinnich iad an saibhlìbh : gidheadh a tabhur n-A-thair nèamhaidhse 'g am beathachadh ; an e nach fearr sibhse gu mòr na iadsan ?

27 Agus cia agaibh le mòr chùram a dh'fheudas aon lamh-choille<sup>m</sup> a chur r' a airde fein ?

28 Agus c'ar son a ta sibh ro chùramach mu thimchioll bhur culaidh ? fòghlumaibh cionnus a ta na lilighean a' fàs sa' mhachair ; cha saothraich iad, agus cha snìomh iad.

29 Gidheadh a deirimse ribh, Nach robh Solamh fein 'n a uile ghlòir, air eudachadh mar aon diubh so.

30 Air an aobhar sin, ma ta Dia mar sin a' sgeadachadh feoir na machaire, a ta an diugh ann, agus am màir-each air a thilgeadh san àmhuinn, an e nach mò na sin a sgeadaicheas e sibhse, a dhaoine air bheag creidimh ?

31 Uime sin na bithibh làn do chùram, ag radh, Ciod a dh'itheas sinn ? no ciod a dh'òlas sinn ? no ciod a chuireas sinn umainn ?

32 (Oir iad so uile iarraidh na

Cinnich) oir a ta fios aig bhur n-A-thair nèamhaidh gu bheil feum agaibhse air na nithibh so uile.

33 Ach iarraibh air tùs rioghachd Dhé, agus fhìreantachdsan, agus cuir-ear na nithe so uile ribh.

34 Uime sin na bitheadh ro-chùram oirbh mu thimchioll an la màireach : oir bithidh a làn do chùram air an la màireach mu thimchioll a nithe fein : is leòr do'n là 'olc fein.

## C A I B. VII.

*Anns an bheil ar Slànuighear a' crìoch-nachadh na searmoin air a' bheinn, 1 a' cronuchadh breth ghrad, a' toirmeasg nithe naomha chur an neoshuim, &c.*

**N**A tugaibh breth, chum nach toir-ear breth oirbh :

2 Oir a réir na breth a bheir sibh, bheirear breth oirbh : agus leis an tomhas le'n tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a ris.

3 Agus c'ar son a ta thu a' faicinn an smùirnein<sup>n</sup> a ta an sùil do bhràthar, ach nach 'eil thu tabhairt fa'near an t-sail a ta ànn do shùil fein ?

4 No cionnus a their thu ri d' bhràthair, Fulaing dhomh an smùirnein a spìonadh as do shùil ; agus feuch, an t-sail ann do shùil fein ?

5 A chealgair, buin air tùs an t-sail as do shùil fein ; agus an sin is léir dhuit gu maith an smùirnein a bhuntuinn a sùil do bhràthar.

6 Na tabhraibh an ni naomha do na madraibh, agus na tilgibh bhur neamhnuide am fianuis nam muc, air eagal gu saltair iad orra le'n cosaibh, agus<sup>o</sup> air pilltinn doibh gu reub iad sibh fein as a chéile.

7 Iarruibh, agus bheirear dhuibh : siribh<sup>p</sup> agus gheibh sibh : buailibh an dorus, agus fosgailear dhuibh.

8 Oir gach uile neach a dh'iarras, glacuidh e : agus ge b'e a shireas, gheibh e : agus do 'n ti a bhuaileas an dorus, fosgailear.

9 Oir cò an duine agaibhse, ma's e 's gu'n iarr a mhac aran, a bheir cloch dha ?

10 Agus ma's iasg a dh'iarras e, an tabhair e nathair dha ?



11 Air an aobhar sin ma's aithne dhuibhse a ta ole, tiodhlacan maithhe a thabhairt do bhur cloinn, nach mò na sin a bheir bhur n-Athair a ta air nèamh nithe maithhe dhoibhsan a dh'iaras air iad?

12 Uime sin gach uile ni bu mhiann leibh daoine a dheanamh dhuibhse, deanaibhse a leithid dhoibhsan mar an ceudna: oir is e so an lagh agus na fàidhean.

13 Imichibh a steach air an dorus chumhann; oir is farsaing an dorus, agus is leathan an t-slighe a ta treòrachadh chum sgrìos, agus is lìon-mhor iad a ta dol a steach oirre:

14 Ach is<sup>r</sup> cumhann an dorus, agus is aimhleathan an t-slighe a ta treòrachadh chum na beatha, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre.

15 Coimhidibh sibh fein o na fàidhibh bréige, a thig d'ar n-ionnsuidh ann an culaidhibh chaorach, ach a ta o'n leth a stigh<sup>s</sup> nam madraibh allta.

16 Air an toraibh aithnichidh sibh iad: an tionail daoine dearcana-fìona do dhrisibh, no figean do na foghan-nanaibh<sup>s</sup>?

17 Agus mar sin bheir gach uile chrann maith toradh maith: ach bheir an droch chrann, droch thoradh.

18 Cha'n fheud a' chraobh mhaith droch thoradh iomchar, no an droch chraobh toradh maith a thabhairt.

19 Gach uile chrann nach iomchair toradh maith, gearrar sìos e, agus tilgear san teine e.

20 Air an aobhar sin is ann air an toraibh a dh'aithnicheas sibh iad.

21 Ni h-e gach uile neach a their riumsa, A Thighearna, A Thighearna, a theid a steach do rìoghachd nèimhe; ach an ti a ni toil m' Atharsa a ta air nèamh.

22 Is iomadh iad a their riumsa san là ud, A Thighearna, a' Thighearna, nach d'rinn sinn a' t'ainmse fàidheadaireachd? agus a' t'ainmse nach do thilg sinn a mach deamhain? agus a't' ainmse nach d'rinn sinn iomadh mìorbhuile?

23 Agus an sin aidichidh mise os aird dhoibh, Cha b'aithne dhomh

riamh sibh: imichibh uam, a luchd deanamh na h-eucorach.

24 Air an aobhar sin, gach uile neach a chluinneas na briathrasa agamsa, agus a ni iad, samhluichidh mi e ri duine glic, a thog a thigh air carraig:

25 Agus thuirling<sup>t</sup> an t-uisge, agus thainig na tuithe, agus shéid na gaotha, agus bhuail iad air na tigh sin: agus cha do thuit e, oir bha a bhunadh suidhichte air carraig.

26 Agus gach uile neach a chluinneas na briathra so agamsa, agus nach coimhlion iad, samhluichear e ri duine amaideach a thog a thigh air a' ghaineamh:

27 Agus thuirling an t-uisge, agus thainig na tuithe, agus shéid na gaotha, agus bhuail iad air an tigh sin: agus thuit e, agus bu mhòr a thuiteam.

28 Agus tharladh<sup>u</sup> an uair a chrìochnaich Iosa na briathrasa, gu'n do ghabh am pobull iongantais r'a theagasgsan:

29 Oir theagaisg e iad mar neach aig an robh cumhachd<sup>a</sup>, agus ni h-ann mar na scrìobhuichean.

## C A I B. VIII.

1 *Ghlan Crìosd an lobhar, 5 shlàn- uich e seirbhiseach a' Chaipitìn-ceud, 14 màthair-chéile Pheadair, &c.*

**A** GUS air teachd a nuas o'n bheinn dha, lean cuideachd mhòr e.

2 Agus feuch, thainig lobhar, agus thug e urram dha, ag radh, A Thighearna, ma's àill leat, is comasach thu air mise a ghlanadh.

3 Agus shìn Iosa mach a lamh, agus bhean e ris, ag radh. Is àill leam; bi thusa glan. Agus air ball bha a lùibhre air a glanadh.

4 Agus thubhairt Iosa ris, Feuch nach innis thu do dhuine sam bith, ach imich, taisbein thu fein do'n t-sagart, agus beir chuige<sup>b</sup> an tiodhlacadh a dh'àithn Maois, mar fhianuis dhoibh.

5 Agus air dol do Iosa steach do Chapernaum, thainig d'a ionnsuidh Caipitìn-ceud, a' guidhe air,

6 Agus ag radh, A Thighearna, tha m'òglach<sup>u</sup> na luidhe a stigh am

<sup>r</sup> do bhrìgh gur. <sup>s</sup> cluanaibh. <sup>t</sup> thainig anuas. <sup>u</sup> thachair.

<sup>a</sup> àghdarras. <sup>b</sup> thuige, d'a ionnsuidh.

pairilis, agus air a phianadh gu h-an-abarrach.

7 Agus thubhairt Iosa ris, Théid mise, agus slànuichidh mi e.

8 Agus air freagairt do'n Chaip-tin-ceud, thubhairt e, A Thighearna, cha'n fhiu mise thusa a theachd a steach fa m' chleith: ach a mhàin abair am focal, agus slànuichear m'òglach.

9 Oir is duine mise fein a ta fuidh ùghdarras, aig am bheil saighdeara fùm: agus a deirim ris an fhear so, Imich, agus imichidh e: agus ris an fhear so eile, Thig, agus thig e: agus ri m'shearbhant, Dean so, agus ni se e.

10 'Nuair a chual Iosa so, ghabh e iongantas, agus thubhairt e ris a' mhuinntir a lean e, Gu firinneach a deirim ribh, ann an Israel fein nach d'fhuair mi creidimh co mòr as so.

11 Agus a deirim ribh, gu'n dthig mòran o'n àird an ear, agus o'n àird an iar, agus gu'n suidh iad maille ri Abraham, agus Isaac, agus Iacob, ann an rioghachd nèimhe;

12 Ach gu'n tilgear clann na rioghachd ann an dorchadas a ta'n leth a muigh: bithidh an sin gul agus giosgan<sup>c</sup> fhiacal.

13 Agus thubhairt Iosa ris a' chaip-tin-ceud, Imich romhad, agus biodh dhuit a réir mar a chreid thu. Agus shlànuicheadh 'òglach air an uair sin fein.

14 Agus an uair a thainig Iosa gu tigh Pheadair, chunnaic e màthair a mhnà 'na luidhe, agus i ann am fiabhrus<sup>d</sup>.

15 Agus bhean e r'a laimh, agus dh'fhàg am fiabhrus i: agus dh'éirich i, agus rinn i frithealadh dha<sup>e</sup>.

16 Agus an uair a bha am feasgar air teachd, thug iad d'a ionnsuidh mòran anns an robh deamhain; agus thilg e na spioraid a mach le fhocal, agus shlànu'ch e iad uile a bha euslan:

17 A chum gu'n coimhlionadh<sup>f</sup> an ni a labhradh le Eesaias am fàidh, ag radh, Ghabh esan ar n-anmhuinn-

eachdan air fein, agus dh'iomchair e ar n-euslaintean.

18 Agus an uair a chunnaic Iosa sluagh mòr m'a thimchioll, dh'àithn e dol a sin do'n taobh eile.

19 Agus thainig scriobhuiche àraidh, agus thubhairt e ris, A mhaighstir, leanuidh mise thu, ge b'e taobh a théid thu.

20 Agus thubhairt Iosa ris, Ata tuill aig na sionnaich, agus nid aig eunlaith an athair<sup>g</sup>; ach cha'n'eil aig Mac an duine ionad anns an cuir e a cheann fuidh.

21 Agus thubhairt fear eile d'a dheisciobluibh ris, A Thighearn, leig dhomhsa imeachd air tùs agus m'athair adhlacadh.

22 Ach thubhairt Iosa ris, Lean mise, agus leig leis na mairbh am mairbh fein adhlacadh.

23 Agus air dol dhasan a steach do luing, lean a dheisciobuil e.

24 Agus feuch, dh'éirich stoirm mhòr air an fhairge, ionnus gu'n d'fholaich na tuinn an long: ach bha esan 'na chodal.

25 Agus thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus dhùisg iad e, ag radh, A Thighearn, teasaig sinn: a ta sinn cailte.

26 Agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh eagalach, sibhse air bheag creidimh? An sin dh'éirich e, agus chronuich e na gaothan agus an fhairge; agus bha ciuine mhòr ann.

27 Ach ghabh na daoine iongant- as, ag radh, Creud<sup>h</sup> e ghnè dhuine so, gu bheil na gaotha fein agus an fhairge ùmhal dha?

28 Agus air teachd dha do'n taobh eile, gu tìr na Gergeseneach<sup>i</sup>, thach- air dithis do dhaoibh air, anns an robh deamhain, a' teachd a mach as na tuamaibh, agus iad ro gharg, ion- nus nach feudadh duine sam bith an t-slighe sin a ghabhail.

29 Agus feuch, ghlaodh iad, ag radh, Ciod e ar gnothuchne riut, Iosa a Mhic Dhé? An d'thainig thu an so g'ar pianadh roimh an àm?

30 Agus bha treud mòr mhuc am fad uatha, ag ionaltradh.

<sup>c</sup> snagardaich. <sup>d</sup> an teasaich. <sup>e</sup> doibh. <sup>f</sup> Air chor as gu'n do  
choirhllionadh. <sup>g</sup> aithneir.

<sup>h</sup> Ciod. <sup>i</sup> Gadareneach.



31 Agus dh'iarr na deamhain a dh'athchuinge airsan, ag radh, Ma thilgeas tu mach sinn, leig dhuinn dol san treud mhuc ud.

52 Agus thubhairt e riu, Imichibh. Agus air dol a mach dhoibh, chaidh iad anns an treud mhuc : agus feuch, ruith an treud mhuc uile gu dian sìos air ionad corrach<sup>l</sup>, do 'n chuan ; agus chailleadh sna h-uisgibh iad.

33 Agus theich na buachaillean, agus chaidh iad do 'n bhaile, agus dh'innis iad na nithese uile, agus na thachair dhoibhsan anns an robh na deamhain.

34 Agus feuch, chaidh am bail' uile a mach a choinneachadh Iosa, agus an uair a chunnaic iad e, ghuidh iad air imeachd as an crìoch-aibhsan.

## C A I B. IX.

*An déigh do Chrìosd neach air an robh am pairilis a leigheas, 9 A ta se a' gairm Mhata o bhòrd na cise, 10 ag itheadh maille ri cìs-mhaor agus peacach, &c.*

**A** GUS air dol an luing dha, chaidh e thar an uisge, agus thainig e d'a bhaile fein.

2 Agus feuch, thug iad d'a ionnsuidh duine air an robh am pairilis, 'na luidhe air leabaidh : agus an uair a chunnaic Iosa an creidimh, thubhairt e ri fear na pairilis, Biodh deadh mhisneach agad, a mhic, a ta do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

3 Agus feuch, thubhairt dream à-caidh do na scriobhuichibh annta fein, A ta am fear so a' labhairt toibheim<sup>m</sup>.

4 Agus air do Iosa an smuaintean fhaicinn, thubhairt e, C'ar son a ta sibh a' smuaineachadh uile ann bhur eridhibh ?

5 Oir cia is usadh a radh, A ta do pheacaidh air am maitheadh dhuit ? no a radh, Eirich agus imich ?

6 Ach a chum gu'm bi fios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaidh a mhaitheadh air an talamh, thubhairt e an sin ri fear na pairilis) Eirich, tog do leabaidh, agus imich do d' thigh.

7 Agus air éirigh dhasan, chaidh e d'a thigh fein.

8 Ach an uair a chunnaic am pobull so, ghabh iad iongantas, agus thug iad glòir do Dhia, a thug a leithid so a chumhachd do dhaoibh.

9 Agus ag dol do Iosa as an àite sin, chunnaic e duine 'na shuidhe aig bòrd na cise, d'am b'ainm Mata ; agus thubhairt e ris, Lean mise. Agus air éirigh dhasan, lean se e

10 Agus tharladh, air suidhe do Iosa aig biadh san tigh, feuch, thainig mòran chis-mhaor agus pheacach, agus shuidh iad sìos maille ris-san agus r'a dheisciobluibh.

11 Agus an uair a chunnaic na Phairisich so, thubhairt iad r'a dheisciobluibh, C'ar son a dh'itheas bhur maighstirse maille ri cìs-mhaorailh agus peacachailh ?

12 Ach an uair a chual Iosa so, thubhairt e riu, Cha'n ann aig a' mhuinntir a ta slàn a ta feum air an léigh, ach aig a' mhuinntir a ta eu-slan.

15 Ach imichibh agus fòghlumaibh ciod is ciall da so, Trècair is àill leam, agus cha'n ìobairt : oir cha d'thainig mise a ghairm nam fireanach, ach nam peacach chum aithreachais.

14 An sin thainig deisciobuil Eoin d'a ionnsuidh, ag radh, C'ar son a ta sinne agus na Phairisich a' trosgadh gu minic, ach ni 'm bheil do dheisciobuils' a' trosgadh ?

15 Agus thubhairt Iosa riu, Am feud clann seomair an fhir-nuadh-phòsda<sup>n</sup> bhi brònach, am feadh a bhitheas am fear-nuadh-phòsda 'n am fochair ? Ach thig na laithean anns an tiubhrar am fear-nuadh-phòsda uatha, agus an sin ni iad trosgadh.

16 Cha chuir duine sam bith mìr do eudach nuadh air sean eudach : oir buinidh an ni a chuireadh g'a lìonadh suas as an eudach, agus nith-ear an reubadh ni's measa.

17 Cha mhò a chuireas daoine fion nuadh ann an seann searragaibh<sup>o</sup> : no brisear na searragan, agus dòirtear am fion, agus caillear na searragan : ach cuiridh iad fion nuadh ann an



searragaibh nuadha, agus bithidh iad araon slàn.

18 'Nuair a bha e a' labhairt nan nithese riu, feuch, thainig uachdaran àraidh, agus thug e onoir dha, ag radh, Fhuair mo nighean bàs air ball<sup>P</sup>: ach thigsa agus cuir do lamh oirre, agus bithidh i beo.

19 Agus dh'èirich Iosa, agus lean e fein agus a dheisciobuil e.

20 (Agus feuch, thainig bean, air an robh dòrtadh fola rè dhà bhliadhna dheug, air a chùlaobh, agus bhean i ri iomall 'eudaich.

21 Oir thubhairt i innte fein, Ma bheanas mi ach ri 'eudach, bithidh mi slàn.

22 Ach air tionndadh do Iosa m'an cuairt, chunnaic se i, agus thubhairt e, A nighean, biodh deadh mhisneach agad; shlànuich do chreidimh thu. Agus bha a' bhean slàn o'n uair sin.)

23 Agus an uair a thainig Iosa gu tigh an uachdarain, agus a chunnaic e an luchd ciuil, agus a' chuideachd a' deanamh toirm *bhròin*.

24 Thubhairt e riu, Imichibh roimhibh, oir cha'n 'eil an nìonag<sup>t</sup> marbh, ach 'na codal. Agus rinn iad gàire fochaid ris.

25 Ach an uair a chuireadh a' chuideachd a mach, chaidh e a steach, agus rug e air laimh oirre, agus dh'èirich an nìonag.

26 Agus chaidh iomradh sin a mach air feadh na tìre sin uile.

27 Agus an uair a dh'imich Iosa as sin, lean dithis dhall e, ag èigh-each, agus ag radh, A Mhic Dhaibhi, dean tròcair oirne.

28 Agus an uair a thainig e steach do'n tigh, thainig na doill d'a ionnsuidh: agus thubhairt Iosa riu, Am bheil sibh a' creidsinn gur comasach mise so a dheanamh? Thubhairt iad ris, Ata, a Thighearn.

29 An sin bhean e r'an sùilibh, ag radh, Biodh e dhuibh a rèir bhur creidimh.

30 Agus dh'fhosglaigh an sùilean, agus bhagair Iosa gu geur iad<sup>s</sup>, ag radh, Faicibh nach faigh neach air bith fios air so:

31 Ach an uair a dh'imich iad a mach, sgaoil iad a chliù air feadh na dùcha sin uile.

32 Agus ag dol dhoibhsan a mach feuch, thug iad d'a ionnsuidh duine balbh anns an robh deamhan.

33 Agus an déigh do'n deamhan a bhi air a thilgeadh a mach, labhair am balbhan: agus ghabh an sluagh iongantais, ag radh, Cha'n fhacas a leithid so ann an Israel riamh.

34 Ach thubhairt na Phairisich, Trid phrionnsaidh nan deamhan a ta se a' tilgeadh a mach dheamhan.

35 Agus ghabh Iosa mu chuairt nan uile chathraiche agus bhailte<sup>t</sup>. a' teagasg 'nan sionagogaibh, agus a' searmonachadh soisgeil na rioghachd, agus a' slànuchadh gach uile euslaint agus eucail am measg a' phobuill.

36 Ach an uair a chunnaic e an sluagh, ghabh e truas diubh, air son gu'n robh iad air fannuchadh, agus air an sgapadh o chéile, mar chaoraich aig nach 'eil buachaille<sup>u</sup>.

37 An sin thubhairt e r'a dheisciobuibh, Gu deimhin is mòr an foghara, ach is tearc an luchd oibre.

38 Uime sin guidhibhse air Tigh-earn an fhogharaidh, luchd oibre chur a mach chum fhogharaidh fein.

## C A I B. X.

1 *Ta Crìosd a' cur a mach a dhà Ab-stol deug, a' toirt cumhachd dhoibh m'òrbhuilean a dheanamh, 5 a' toirt òrduigh dhoibh, agus 'g an teagasg, &c.*

**A**GUS air gairm a dhà dheisciobul deug d'a ionnsuidh, thug e cumhachd dhoibh an aghaidh nan spiorad neoghan, gu'n tilgeadh a mach, agus a shlànuichadh gach gnè euslainte, agus gach gnè eucail.

2 Agus is iad so ainmean an dà Ab-stol deug; an ceud *fhear*, Simon d'an goirear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, Seumas mac Shebede, agus Eoin a bhràthair,

3 Philip agus Bartolomeu, Tomas, agus Mata an cis-mhaor, Seumas mac Alpheuis, agus Lebeus d'an comh-ainm Tadeus,

<sup>P</sup> a nis <sup>r</sup> cailin. <sup>s</sup> thug Iosa sparradh geur doibh. <sup>t</sup> bhailte m'òr agus <sup>u</sup> buachaille. <sup>v</sup> a' dhaingear.

4 Simon an Canaanach, agus Iudas Iscariot, an ti fòs a bhrath esan<sup>a</sup>.

5 Chuir Iosa an dà fhear dheug so amach, a' tabhairt àithne dhoibh, ag radh, Na gabhaibh gu slighe nan Cinneach, agus na rachaibh a steach a dh'aon bhaile a bhuineas do na Samaraich b:

6 Ach gu ma fearr leibh dol a dh'ionnsuidh chaorach chailte tighe Israeil.

7 Agus air imeachd dhuibh, searmonuichibh, ag radh, A ta rioghachd nèimhe am fagus.

8 Leighisibh an droing a ta tinn, glanuibh na lobhair, [dùisgibh ra mairbh,] tilgibh amach na deamhain: a nasgaidh fhuaire sibh, a nasgaidh thugaibh uaibh.

9 Na solairibh òr, no airgiod, no umha ann bhur sporanaibh<sup>c</sup>;

10 No màla chum bhur turuis, no dà chòta, no brògan, no bataichean: (oir is fiu am fear oibre a lòn.<sup>d</sup>)

11 Agus ge b'e air bith cathair no baile d'an dtheid sibh a steach, feòraichibh cia a ta 'na dheadh airidh inn-te; agus fanaibh an sin gus am fàg sibh an t-àite sin.

12 Agus air dol a steach do thigh dhuibh, beannuichibh dha.

13 Agus ma's fiu an tigh sin e, thigeadh bhur sìothchaint air; ach mur fiu e, pilleadh bhur sìothchaint chugaibh féin a rìs.

14 Agus ge b'e neach nach gabh ribh, agus nach éisd ri'r briathraibh; air dol a mach as an tigh, no as a' bhaile sin dhuibh, crathaibh dhìbh duslach bhur cos.

15 Gu deimhin a deirim ribh, gur so-ionchair'a bhitheas staid fearainn Shodoim agus Ghomorrah an là ' bhreitheanas, na staid a' bhaile in.

16 Feuch, cuireamsa sibhse mach nar chaoraich am measg mhadradh illta: air an aobhar sin bithibhse glic nar na nathraiche, agus neo-chronail nar na columain.

17 Ach bithibh air bhur faicill o haoinibh, oir bheir iad an laimh sibh

do chomhairlibh, agus sgiùrsaidh iad sibh 'nan sionagogaibh.

18 Agus bheirear sibh an làthair uachdaran agus rìgh air mo sgàthsa, mar fhianuis doibhsan agus do na Cinnich<sup>e</sup>.

19 Ach an uair a bheir iad an laimh sibh, na biodh e 'na ro-chàs oirbh cionnus no ciod a labhras sibh; oir bheirear dhuibh san uair sin fein an ni a labhras sibh.

20 Oir cha sibhse a labhras, ach Spiorad bhur n-Athar fein a labhras annaibh.

21 Agus bheir am bràthair abhràth-air fein suas chum bàis, agus an t-athair am mac: agus éiridh a' chlann an aghaidh am pàrantan, agus bheir iad fa'near gu cuirear gu bàs iad.

22 Agus bithidh fuath aig na h-uile dhaoineibh dhuibh air son m'ainmese: ach ge b'e bhuanacheas gus a' chrìoch, is e so a shlànuichear.

23 Agus an uair a ni iad geur-leannmhuinn oirbh sa' bhaile so, teichibh gu bailé eile; oir gu deimhin a deirim ribh, Nach imich sibh air feadh bhailtean Israeil mun dthig Mac an duine.

24 Cha 'n'eil an deisciobul os cionn a mhaighstir, no an seirbhiseach os cionn a thighearna.

25 Is leòr do'n deisciobul a bhi mar a mhaighstir, agus do'n t-seirbhiseach a bhi mar a thighearna: ma ghoir iad Beelsebub do fhear an tighe, nach mò na sin a ghoireas iad e d'a mhuinntir?

26 Uime sin na biodh eagal oirbh rompa: oir cha 'n'eil ni sam bith fo-laichte, nach foillsichear; agus an ceilt, nach aithnichear.

27 An ni a dh'innseas mise dhuibh san dorchadas, labhruibh e san t-solus: agus an ni a chluinneas sibh sa chluais, searmonuichibh e air mullach nan tighean.

28 Agus na biodh eagal na muinntir sin oirbh a mharbhas an corp, ach aig nach 'eil comas an t-anam a mharbhadh: ach gu ma mò bhitheas eagal an Ti sin oirbh, a's urrainn an corp agus an t-anam a mhilleadh araon an ifrinn.

<sup>a</sup> an ti a thug esan thairis. <sup>b</sup> Samaritans. <sup>c</sup> Sasg. <sup>e</sup> criosaibh. <sup>d</sup> a bhiadh  
<sup>e</sup> 'nan aghaidhsan agus nan Geintileach.



29 Nach 'eil dà ghealbhonn air an reiceadh air fheoirling? agus cha tuit a h-aon diubh air an talamh as eugmhais *freasdail* bhur n-Atharsa.

30 Ach a ta eadhon fuilteine bhur cinn uile air an àireamh.

31 Air an aobhar sin na biodh eagal oirbh, is fearr sibhse na mòran ghealbhonn.

32 Uime sin ge b'e dh'aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh mise esan mar an ceudna am fianuis m'Athar a ta air nèamh.

33 Ach ge b'e dh'àicheadhas mise am fianuis dhaoine, àicheadhaidh mise esan am fianuis m'Athar a ta air nèamh.

34 Na measuibh gu'n d'thainig mise a chur sìothchaint air an talamh: cha 'n ann a chur sìothchaint a thainig mi, ach a chur claidheimh.

35 Oir thainig mi a chur duine an aghaidh 'athar, agus na h-inghin an aghaidh a màthar, agus bean a' mhic an aghaidh a màthar-chéile.

36 Agus is iad muinntir a theaghlach fein a *bhitheas*, 'nan naimhdibh do dhuine.

37 An ti a ghràdhuicheas athair no màthair ni's mò na mise, cha'n airidh orm ef: agus an ti a ghràdhuicheas mac no nighean os mo chionn-sa, cha'n airidh orm e:

38 Agus an ti nach glac a chrann-ceusaidh, agus nach lean mise, cha'n fhiu e mise.

39 An ti a gheibh 'anam, caillidh se e: ach an ti a chailleas 'anam air mo shonsa, gheibh se e.

40 An ti a ghabhas ribhse, gabhaidh e riumsa; agus an ti a ghabhas riumsa, gabhaidh e ris an ti a chuir uaith mi.

41 An ti a ghabhas ri fàidh an ainm fàidh, gheibh e duais fàidh; agus an ti a ghabhas ri firean an ainm firein, gheibh e duais firein.

42 Agus ge b'e bheir cupan a dh'uisge fuar a mhàin r'a òl dh'aon neach do na daoineibh beaga so, an ainm deisciobuil, gu deimhin a deirim ribh, nach caill e air chor sam bith a dhuais.

## C A I B. XI.

1 *Ta Eoin a' cur a dheisciobul a dh'ionnsuidh Chriosd. 7 Fianuis mu thimchioll Eoin, &c.*

**A** GUS tharladh, an uair a chrìoch-  
nuich Iosa àitheantan a thabh-  
airt d'a dhà dheisciobul deug, gu'n  
d'imich e as sin a theagasg agus a  
shearmonuchadh 'nam bailtibh.

2 A nis an uair a chual Eoin sa' phriosun gnìomhara Chriosd, chuir e dithis d'a dheisciobluibh d'a ionnsuidh,

3 Agus thubhairt e ris, An tusa an ti ud a bha ri teachd, no am bi sùil agunn ri neach eile?

4 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Imichibh agus innsibh do Eoin na nithean a ta sibh a' cluinntinn agus a' faicinn:

5 A ta na doill a' faghail' an radhairc, agus na bacaich ag imeachd, a ta na lobhair air an glanadh, agus na bothair a' cluinntinn, a ta na mairbh air an dùsgadh, agus an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh.

6 Agus is beannuichte an ti nach faigh oibheum annamsa.

7 Agus air imeachd dhoibhsan air falbh, thòisich Iosa air labhairt ris an t-sluagh mu thimchioll Eoin, *ag radh*, Cìod e an ni a chaidh sibh a mach do'n fhàsach a dh'fhaicinn? an i cuile air a crathadh le gaoith?

8 Ach cìod e an ni a chaidh sibh a mach a dh'fhaicinn? *an e* duine air a sgeaduchadh ann an eudach mìn? feuch, a' mhuinntir a chaitheas eudach mìn, is ann an tighibh nan rìgh a ta iad.

9 Ach cìod e an ni a chaidh sibh a mach a dh'fhaicinn? *An e* fàidh? seadh, a deirim ribh, agus ni's mò na fàidh.

10 Oir is e so an ti mu'm bheil e scribedh, Feuch, cuireamsa mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh'ulluicheas do shlighe romhad.

11 Gu deimhin a deirim ribh, 'nam measgsan a rugadh le mnaibh, nach d'éirich neach a's mò na Eoin Baiste: gidheadh, an ti sin a's lugha an rioghachd nèimhe, is mò e na esan.

12 Agus o laithibh Eoin Baiste



gus a nis, a ta rioghachd nèimhe a' fulang ainneart, agus luchd na h-ainneart 'ga glacadh le lamhachas-làidir.

13 Oir rinn na fàidhean uile, agus an lagh fàidheadaireachd gu àm Eoin.

14 Agus ma's toil leibh a ghabhail, is e so Elias a bha ri teachd.

15 Ge b'e aig am bheil cluasan chum éisdeachd, éisdeadh e.

16 Ach cia ris a shamhlucheas mise an ginealach so? Is cosmhuil e e ri cloinn a shuidheas anns a' mhargadh<sup>h</sup>, agus ag éigheach r'an companachaihbh,

17 Agus ag radh, Rinn sinne pìob-airèachd dhuibhse, ach cha d'rinn sibhse dannsa: rinn sinne tuireadh<sup>i</sup> dhuibhse, ach cha d'rinn sibhse gul.

18 Oir thainig Eoin ni h-ann ag itheadh no 'g òl, agus tha iad ag radh, A ta deamhan aige.

19 Thainig Mac an duine ag itheadh agus ag òl, agus tha iad ag radh, Feuch, duine geòcach agus pòiteir fion<sup>3</sup>, caraid chis-mhaor agus pheacach: ach a ta gliocas air a fireanachadh leis a cloinn.

20 An sin thòisich e air achmhasan a thabhairt do na bailtibh anns am mò a rinneadh d'a oibribh cumhachdacha, air nach d'rinn iad aithreachas.

21 Is anaoibhinn duit, a Chorasin; is anaoibhinn duit, a Bhetsaida: oir nam biodh na h-oibre cumhachdacha a rinneadh annuibhse, air an deanamh ann an Tirus agus ann an Sidon, is fada o'n a dheanadh iad aithreachas ann an saic-eudach agus an luaith.

22 Ach a deirim ribh, Gu'm bi staid Thirus agus Shidon ni's so-ìomchair' ann an là a' bhreitheanais, na bhitheas bhuir staidse.

23 Agus thusa, a Chapernaum, a ta air do thogail suas gu nèamh, tilgear sìos gu h-ìfrinn thu: oir nam biodh na h-oibre cumhachdacha a rinneadh annadsa, air an deanamh ann an Sodom, dh'fhanadh e gun a sgrios gus an diugh.

24 Ach a deirim ribh, gur so-ìom-

chair' a bhitheas e do fhearann Shodom ann an là a' bhreitheanais, na dhuitse.

25 Anns an àm sin fhreagair Iosa agus thubhairt e, Bheiream buidheachas dhuit, o Athair, a Thighearna nèimhe agus na talmhainn, air son gu d'fholuich thu na nithe so o dhaoinibh eagnuidh agus tuigseach, agus gu d'fhoillsich thu iad do leanabaibh.

26 A seadh, Athair, do bhrìgh gu'm b'ann mar sin a bha do dheadh thoilsa.

27 A ta na h-uile nithe air an tabhairt thairis dhomhsa o m' Athair: agus cha 'n aithne do neach air bith am Mac, ach do'n Athair: ni mò is aithne do neach air bith an t-Athair, ach do'n Mhac, agus do gach aon d'an àill leis a' Mhac fhoillseachadh.

28 Thigibh a m'ionnsuidhse, sibhse uile a ta ri saothair, agus fuidh throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas<sup>l</sup> dhuibh.

29 Gabhuibh mo chuing oirbh, agus fòghlumaibh uam, oir a ta mise macant<sup>g</sup>, agus iriosal<sup>m</sup> an cridhe: agus gleibh sibh fois d'ar n-anamaibh.

30 Oir a ta mo chuingse so-ìomchair, agus a ta m'uallach eutrom.

## C A I B. XII.

1 A ta Criosd a' cronuchadh doille nam Phairiseach mu thimchioll brisidh na sàbaid, 3 le scriobtuiribh, 11 le reuson, 13 le mìorbhuil, &c.

**C**HAIDH Iosa san àm sin air là na sabaid troimh<sup>n</sup> na h-achaibh arbhair, agus bha ocras air a dheisciobuil, agus thòisich iad air dìasan arbhair a bhuain, agus itheadh.

2 Ach an uair a chunnaic na Phairisich so, thubhairt iad ris, Feuch, a ta do dheisciobuil a' deanamh an ni nach còir a dheanamh air là na sàbaid.

3 Agus thubhairt esan riu, Nach do leugh sibh ciod a rinn Daibhi an uair a bha ocras air fein, agus air a' mhuinntir a bha maille ris,

4 Cionnus a chaidh e steach do thigh Dhé, agus a dh'ith e aran na fianuis<sup>o</sup>, nach robh ceaduichte

<sup>h</sup> na margaidh. <sup>i</sup> caoine. <sup>l</sup> fois. <sup>m</sup> ùmhal. <sup>n</sup> tre, trid. <sup>o</sup> an t-aran taisbeanta.

dha fein itheadh, no dhoibhsan a bha maille ris, ach do na sagartaibh a mhàin ?

5 No nach do leugh sibh san lagh, gu bheil na sagairt anns an teampull air laithibh na sàbaid a' briseadh na sàbaid, agus iad neo-chiontach ?

6 Ach a deirimse ribh, gu bheil san ionad so neach a's mò na'n teampull.

7 Agus nam biodh fhios agaibh ciod is ciall da so, Tròcair is àill leam agus cha 'n iobairt, cha dèidh sibh an dream a ta neo-chiontach.

8 Oir is e Mac an duine Tighear-na na sàbaide.

9 Agus air dha imeachd as sin, chaidh e steach d'an sionagog.

10 Agus feuch, bha duine ann, aig an robh lamh sheargta : agus dh'fheòruich iad dheth, ag radh, Am bheil e ceaduichte leigheas a dheanamh air laithibh na sàbaid ? chum gu'm biodh cùis dhèidh aca dha.

11 Agus thubhairt esan riu, Cia agaibhs' an duine, aig am bi aon chaora, agus ma thuiteas i ann an slochd air là na sàbaid, nach beir e oirre, agus nach tog e nios i ?

12 Nach mòr ma ta is fearr duine na caora ? Uime sin a ta e ceaduichte maith a dheanamh air laithibh na sàbaid.

13 An sin thubhairt e ris an duine, Sin a mach do lamh : agus shìn e mach i ; agus bha i air a h-aiseag slàn, mar an *lamh* eile.

14 Ach chaidh na Phairisich a mach, agus chum iad comhairle 'na aghaidh, cionnus a dh'fheudadh iad a mhilladh.

15 Ach an uair a thuig Iosa so, dh'imich e as sin : agus lean slòigh mhòr e, agus leighis e iad uile.

16 Agus thug e sparradh dhoibh chum nach deanadh iad follus e :

17 A chum gu coimhliontadh an nì a labhradh le Esaias am fàidh, ag radh.

18 Feuch, mo sheirbhiseach fein a thagh mi, m'aon gràdhach anns am bheil tlachd aig m'anam : cuiridh mi mo Spiorad fein air, agus nochdaidh e breitheanas do na Cinneachaibh.

19 Cha dean e stri, agus cha ghlaodh e, ni mò a chluinneas neach air bith a ghuth air na sràidibh.

20 Cha bhris e a' chuile bhrùite, agus cha mhùch e an lìon as am bi deatach, gusan tabhair e mach breitheanas chum buaidh.

21 Agus is ann a ainmsan a bhith-eas muinighin aig na Cinneachaibh.

22 An sin thugadh d'a ionnsuidh duine anns an robh deamhan, dall agus balbh : agus shlànuich se e, ionnus gu'n do labhair am balbhan agus gu'n robh an dall a' faicinn.

23 Agus ghabh am pobull uile iongantais, agus thubhairt iad. An e <sup>P</sup> so Mac Dhaibhi ?

24 Ach an uair a chuala na Phairisich so, thubhairt iad, Cha'n eil am fear so a' tilgeadh a mach dheamhan, ach trid Bheelsebub prionnsadh nan deamhan.

25 Agus thuig Iosa an smuaintean, agus thubhairt e riu, Gach rioghachd a ta roinnte 'na h-aghaidh fein, nith-eir 'na fàsach i : agus gach uile bhaile no tigh a ta roinnte 'na aghaidh fein, cha seas e.

26 Agus ma thilgeas Satan a mach Satan, a ta e roinnte 'na aghaidh fein ; air an aobhar sin cionnus a sheasas a rioghachd ?

27 Agus ma taimse trid Bheelsebub a' tilgeadh a mach dheamhan, trid cò am bheil bhuir clannsa 'gan tilgeadh a mach ? Uime sin bithidh iad 'nam breitheanaibh oirbh :

28 Ach ma's ann le Spiorad Dhé a ta mise a' tilgeadh a mach dheamhan, thainig rioghachd Dhé chugaibhse<sup>r</sup>.

29 No cionnus is urrainn neach dol do thigh duine làidir, agus airneis a thighe a chreachadh, mur ceangail e air tùs an duine làidir ? agus an sin creachaidh e a thigh

30 An ti nach 'eil leam, a ta se a'm' aghaidh : agus an ti nach cruinnich leam, sgapuidh e.

31 Air an aobhar sin a deirim ribh, Gu maithear gach peacadh agus gach toibheum do dhaoineibh : gidheadh cha mhaithhear toibheum an aghaidh an Spioraid Naomh do dhaoineibh.



32 Agus ge b'e neach a labhras focal an aghaidh Mhic an duine, maithcar dha e : ach ge b'e neach a labhras an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha mhaithear dha e, anns an t-saoghal so, no anns an t-saoghal ata ri teachd.

33 An dara cuid deanuibh a' chraobh maith, agus a toradh maith ; no deanuibh a' chraobh truailidh, agus a toradh truailidh : oir is ann air a toradh a dh'aithnichear a' chraobh.

34 Ashliochd nan nathraiche nimhe, cionnus a dh'fheudas sibh nithe maithe a labhairt, o ata sibh fein olc ? oir is ann a pailteas a' chridhe a labhras am beul.

35 Bheir duine maith a mach nithe maithe as a dheadh ionmhas<sup>s</sup> : agus bheir an droch dhuine mach droch nithe as a dhroch ionmhas.

36 Ach a deirim ribh, Gu'n tabhair daoine cunntas ann an là a' bhreitheanais air son gach focail dhìomhain a labhras iad.

37 Oir is ann as t'fhoclaibh a shaorar thu, agus is ann as t'fhoclaibh a dhìtear thu.

38 An sin fhreagair dream àraidh do na scriobhuichean agus do na Phairisich, ag radh, A mhaighstir, bu mhiann leinn comhara fhaicinn uait.

39 Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, A ta ginealach olc agus adhaltrannach ag iarraidh comharaidh, agus cha tiubhrar comhara dhoibh, ach comhar' an fhàidh Ionais.

40 Oir mar a bha Ionas am broinn na muice-mara tri laithean agus tri oidhchean ; is ann mar sin a bhitheas Mac an duine ann an cridhe na talmhainn tri laithean agus tri oidhchean.

41 Eiridh muinntir Ninebhe sa' bhreitheanas maille ris a' gheinealach so, agus ditidh iad e ; oir rinn iad aithreachas aig searmoin Ionais, agus feuch, a ta ni's mò na Ionas an so.

42 Eiridh banrighinn na h-àirde deas sa' bhreitheanas maille ris a' gheinealach so, agus ditidh si e : oir thainig i o na h-àitibh a's iomallaich do'n talamh a dh'éisdeachd gliocais

Sholaimh, agus feuch, a ta ni's mò na Solamh an so.

43 An déigh do'n spiorad neo-ghlan dol a mach a duine, imichidh se troimh ionadaibh tiorma, ag iarraidh fois, agus cha 'n fhaigh e.

44 An sin their e, Pillidh mi dom' thigh as an d'thainig mi ; agus air teachd dha, gheibh e falamh, sguabta, agus deadh-mhaiseach e.

45 Imichidh e an sin, agus bheir e leis seachd spioraid eile a's measa na e fein, agus theid iad a steach agus gabhuidh iad còmhnuidh an sin : agus bithidh staid dheireannach an duine sin ni's measa na a thoiseach. Is ann eadhon mar sin a thachaireas do'n ghinealach aingidh so.

46 Agus air dha bhi fathast a' labhairt ris a' phobull, feuch, sheas a mhàthair agus a bhràithrean a muigh, ag iarraidh labhairt ris.

47 An sin thubhairt neach eigin ris, Feuch, a ta do mhàthair, agus do bhràithrean 'nan seasamh a muigh, ag iarraidh labhairt riut.

48 Ach fhreagair esan agus thubhairt e ris an ti a dh'innis so dha, Cò i mo mhàthair ? agus cò iad mo bhràithrean ?

49 Agus air sìneadh a laimhe chum a dheisciobul, thubhairt e, Feuch mo mhàthair, agus mo bhràithrean.

50 Oir ge b'e neach a ni toil m' Athars' a ta air nèamh, is e sin fein mo bhràthair, agus mo phiuthar, agus mo mhàthair.

### C A I B. XIII.

3 Cosamhlachd an t-sìoladair agus an t-sìl, 18 air eadar-mhìneachadh.

24 Cosamhlachd a' chogail, 13 an t-sìl-mhustaird, &c.

**A**IR an là sin fein chaidh Iosa mach as an tigh, agus shuidh e ri taobh na fairge.

2 Agus chruinnich sluagh mòr d'a ionnsuidh, air chor as air dol a steach do luing dha, gu'n do shuidh e, agus sheas an sluagh uile air an tràigh.

3 Agus labhair e mòran do nithibh riu ann an cosamhlachdaibh<sup>t</sup>, ag radh, Feuch, chaidh sìoladair a mach a chur sìl.

<sup>s</sup> a deadh ionmhas a' chridhe.

<sup>t</sup> parablaibh, comhadaibh.



4 Agus ag cur an t-sìl da, thuit cuid dheth ri taobh an ròid, agus thainig na h-cùnlaithe agus dh'ith iad e.

5 Thuit cuid air ionadaibh creagach, far nach robh mòran talmhainn aige: agus air ball dh'fhàs e suas, do bhrìgh nach robh doimhneachd talmhainn aige.

6 Ach air éirigh do'n ghréin dhothadh e, agus do bhrìgh nach robh freumh aige, shearg e as.

7 Agus thuit cuid am measg droighinn: agus dh'fhàs an droighinn suas, agus mhùch se e.

8 Ach thuit cuid eile am fearann maith, agus thug e toradh a mach, cuid a cheud uiread, cuid a thri fhichead, cuid a dheich thar fhichead uiread 's a chuireadh.

9 Ge b'e neach aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisdeadh e.

10 Agus thainig na deisciobuil, agus thubhairt iad ris, C'ar son a ta thu a' labhairt riu ann an cosamhlachdaibh?

11 Fhreagair esan agus thubhairt e riu, Do bhrìgh gu'n d'fhugadh dhuibhse eòlas a bhi agaibh air rùn dìomhair rioghachd nèimhe, ach dhoibhsan ni 'm bheil so air a thabhairt.

12 Oir ge b'e neach aig am bheil, dhasan bheireur, agus bithidh aige an tuilleadh pailteis: ach ge b'e neach aig nach 'eil, uaithsan bheirear eadhon an ni a ta aige.

13 Uime sin ataims' a' labhairt riu an cosamhlachdaibh, do bhrìgh air dhoibh faicinn nach faic iad, agus a' cluinntinn nach cluinn iad, agus nach tuig iad.

14 Agus anntasan a ta fàidheadoireachd Esaias air a coimhlionadh, a ta 'g radh, Le h-éisdeachd cluinidh sibh, agus cha tuig sibh; agus le h-amharc chi sibh, agus cha 'n aithnich sibh.

15 Oir a ta cridhe a' phoibull so air fàs reamhar, agus an cluasan mall chum éisdeachd, agus dhruid iad an sùilean; air eagal uair air bith gu'm faiceadh iad le'n sùilibh, agus gu'n cluinneadh iad le'n cluasaibh, agus gu'n tuigeadh iad le 'n cridhe, agus

gu'm biodh iad air an iompochadh, agus gu'n slànuichinn's iad.

16 Ach is beannuichte bhur sùilese, oir a ta iad a' faicinn; agus bhur cluasa, oir a ta iad a' cluinntinn.

17 Oir a deirim ribh gu firinneach, Gu'm b'iomadh fàidh, agus firean leis am bu mhiann na nithese fhaicinn a ta sibhse a' faicinn, agus nach fac siad iad: agus na nithese chluinntinn a ta sibhse a' cluinntinn, agus nach cual iad.

18 Eisdibh air an aobhar sin ri cosamhlachd an t-sìoladair.

19 An uair a chluinneas neach air bith focal na rioghachda, agus nach toir e fa'near e<sup>u</sup>, thig an droch spiorad, agus bheir e air falbh an ni a chuireadh 'na chridhe: is e so esan anns an do chuireadh an sìol ri taobh an ròid.

20 Ach esan a fhuair sìol ann an àitibh creagach<sup>a</sup>, is e so an ti a chluinneas am focal, agus a ghabhas e air ball le gairdeachas;

21 Gidheadh cha 'n eil freumh aige ann fein, ach fanuidh se rè tamuill: agus an uair a thig trioblaid no geurleannhuinn air son an fhocail, air ball gheibh e oibheum.

22 Esan mar an ceudna a ghabh sìol am measg an droighinn, is e so an ti a ta cluinntinn an fhocail: agus a ta ro-chùram an t-saoghailse, agus mealltaireachd beartais a' mùchadh an fhocail, agus bithidh e gun toradh.

23 Ach an ti ud a ghabh sìol ann an deadh fhearann, is e sin an neach a ta cluinntinn an fhocail, agus 'ga thoirt fa'near, neach mar an ceudna ta giùlan toraidh, agus a ta tabhairt a mach cuid a cheud uiread, cuid a thri fhichead, agus cuid eile a dheich thar fhichead uiread 's a chuireadh.

24 Chuir e cosamhlachd eile mach dhoibh, ag radh, Is cosmhuil rioghachd nèimhe ri duine a chuir sìol maith 'na fhearann:

25 Agus an uair a bha daoine 'nan codal, thainig a nàmhaid agus chuir e cogal am measg a' chruinneachd, agus dh'imich e roimhe.

26 Ach an uair a thainig an t-arbhar fuidh dhéis, agus a thug e mach

<sup>u</sup> nach tuig se e.

<sup>a</sup> clochach.

a thoradh, dh'fhoillsich an cogal e fein mar an ceudna.

27 Agus air teachd do sheirbhisich fhir-an-tighe thubhairt iad ris, A Thighearna, nach do chuir thusa sìol maith ann a t' fhearann? c'àite ma seadh as an d'fhuair e an cogal?

28 Thubhairt esan riu, Rinn nàmhaid éigin so. Agus thubhairt na seirbhisich ris, An àill leat uime sin gu'n teid sinne agus gu'n cruinnich sinn r'a chéile iad?

29 Ach thubhairt esan, Cha'n àill; air eagal ag cruinneachadh a' chogail duibh, gu spìon sibh an cruineachd maille ris.

30 Leigibh leo fàs araon gus an dthig am foghara: agus an àm an fhogharaidh their mise ris an luchd-buanaidh, Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceangluibh e 'na cheanglachanaibh<sup>b</sup> chum a losgaidh: ach cruinnichibh an cruineachd do m' shabhal.

31 Chuir e mach cosamhlachd eile dhoibh, ag radh, A ta rioghachd nèimhe cosmhuil ri gràinne do shìol mustaird, a ghabh neach agus a chuir e 'na fhearann.

32 Ni gun amharus a's lugha do gach uile phòr<sup>c</sup>: gidheadh air-fàs da, 'se a's mò do na luibheanaibh, agus fàsuidh e 'na chrann: ionnus gu'n dthig eunlaith an athair, agus gu'n dean iad nid 'na gheugaibh.

33 Cosamhlachd eile labhair e riu: Is cosmhuil rioghachd nèimhe ri taois ghoird<sup>d</sup>, a ghabh bean agus a dh'fhol-aich i an trì tomhasaibh mine, gus an do ghoirticheadh an t-iomlan.

34 Na nithe sin uile labhair Iosa ris a' phobull an cosamhlachdaibh, agus gun chosamhlachd cha do labhair e riu:

35 A chum gu coimhliontadh an ni a thubhradh leis an fhàidh, ag radh, Fosglaidh mi mo bheul an cosamhlachdaibh, cuiridh mi 'n céill nithe a bha folaichte o thoiseach an t-saoghail<sup>e</sup>.

36 An sin chuir Iosa am pobull air falbh, agus chaidh e steach do'n tigh: agus thainig a dheisciobuil d'a

ionnsuidh, ag radh, Mìnich dhuinne cosamhlachd cogail an fhearainn.

37 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, An ti a chuireas an sìol maith is e Mac an duine e:

38 'S e 'm fearann an domhan: agus is e an sìol maith clann na rioghachd: ach 's e an cogal clann an droch spioraid:

39 'S e an nàmhaid a chuir iad an diabhol: 's e am foghara deireadh an t-saoghail: agus is iad na buanaichean na h-aingil.

40 Agus amhuil mar a chruinnichear an cogal, agus a loisgear le teine e, is ann mar sin a bhitheas ann an deireadh an t-saoghail so.

41 Cuiridh Mac an duine 'aingil uaith, agus tionailidh iad as a rioghachd na h-uile nithe a bheir oilbheum, agus iadsan a ta deanamh aingidheachd;

42 Agus tilgidh siad iad anns an àmhuinn air dearg-lasadh: an sin bitidh gul agus giosgan fhiacal.

43 An sin dealruichidh na fireana mar a' ghrian, ann an rioghachd an Athar fein. Ge b'e aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisdeadh e.

44 A ris, a ta rioghachd nèimhe cosmhuil ri ionmhas air fhloch am fearann: ni an déigh fhaotainn, a dh'fholaich duine, agus air sgàth a ghairdeachais air a shon, dh'imich e agus reic e na bha aige uile, agus cheannuich e am fearann sin.

45 A ris, is cosmhuil rioghachd nèimhe ri ceannuiche àraidh ag iarruidh neamhnuide maiseach:

46 Agus air amas<sup>f</sup> da air aon neamhnuid ro luachmhoir, dh'imich e agus reic e na bha aige, agus cheannuich e i.

47 A ris, a ta rioghachd nèimhe cosmhuil ri lìon air a thilgeadh san fhairge, agus a chruinnich do gach uile sheòrta éisg:

48 Agus air dha bhi làn, tharruing na h-iasgairean e chum na tràighe, agus air suidhe dhoibh, chruinnich iad na h-éisg mhaithe ann an soithichibh, ach thilg iad na droch éisg amach.

49 Is ann mar sin a bhitheas ann

<sup>b</sup> thrusaichibh. <sup>c</sup> ros. <sup>d</sup> laibhin. <sup>e</sup> o leagadh bunaithe an domhain. <sup>f</sup> airmseachd.



an deireadh an t-saoghail : theid na h-angil a mach, agus dealuichidh iad na droch dhaoine a measg nam fireanach ;

50 Agus tilgidh siad iad san àmhuinn theintich : an sin bithidh gul agus glosgan fhiacal.

51 Thubhairt Iosa riu, An do thuig sibh na nithe so uile ? thubhairt iad ris, Thuig, a Thighearna.

52 Agus thubhairt esan riu, Air an aobhar sin gach uile scrìobhuiche a ta fòghlumta chum rioghachd nèimhe, is cosmhuil e ri fear-tighe, a bheir a mach as 'ionmhas nithe nuadh agus sean.

53 Agus thachair an uair a chrìochnuich Iosa na cosamhlachda so, gu'n d'imich e as sin.

54 Agus an uair a thainig e d'a dhùthaich fein, theagaisg e iad 'nan sionagog, ionnus gu'n do ghabh iad iongantais, agus gu'n dubhairt iad, C'ait an d'fhuair am fear so an gliocas so, agus na feartan ud ?

55 Nach e so mac an t-saoir ? nach e ainm a mhàthar Muire ? nach iad a bhràithre, Seumas, agus Ioses, agus Simon, agus Iudas ?

56 Agus a pheathraiche, nach 'eil iad uile maille ruinn ? c'ait uime sin an d'fhuair an duine so na nithe ud uile ?

57 Agus fhuair iad oilbheum ann. Ach thubhairt Iosa riu, Cha'n 'eil fàidh gun urram, ach 'na dhùthaich fein, agus 'na thigh fein.

58 Agus cha d'rinn e mòran do oibribh cumhachdach an sin, air son am mi-chreidimh.

#### C A I B. XIV.

1 Barail Heroid mu thimchioll Chrìosd, 3 C'ar son a chaidh an ceann a bhuntainn a dh'Eoin Baiste. 13 Chaidh Iosa gu ìonad fàisail, 15 far an do bheathuich e cùig mìle fear le cùig aranaibh, agus dà iasg, &c.

**F**A'N àm sin chual Herod an Te-trach cliu Iosa,

2 Agus thubhairt e r'a sheirbhisich, Is e so Eoin Baiste, dh'éirich e o na marbhuibh, is uime sin a ta feartan air an oibreachadh leis.

3 Oir air glacadh Eoin do Herod,

cheangail se e, agus thilg e am prìosun e air son Herodiais, mnà Philip a bhràthar fein.

4 Oir thubhairt Eoin ris, Cha 'n-eil e dligheach dhuìt a bi agad.

5 Agus an uair bu mhiann leis a chur gu bàs, bha eagal a' phobuill air, oir bha meas fàidh aca air.

6 Ach an uair a bha comhainm la-breithe Heroid air a chumail, rinn nighean Herodiais dannsa 'nan làth-air, agus thaitinn i ri Herod :

7 Ionntus gu'n do gheall e le mion-naibh, gu tiubhradh e dh'i ge b'e air bith ni a dh'iarradh i.

8 Agus air dh'ise bhi air a teagasg leis a màthair roimh laimh, thubhairt i, Tabhair dhomh an so ceann Eoin Baiste air mèis.

9 Agus bha 'n rìgh doilich : ach air son a mhionnan, agus na muinntir a bha 'nan suidhe aig biadh maille ris, dh'àithn e a thabhairt d'i.

10 Agus air cur *fir-marbhaidh* uaith, bhuin e a cheann a dh'Eoin anns a' phrìosun.

11 Agus thogadh a cheann air mèis, agus thugadh do'n chailin e : agus thug ise d'a màthair e.

12 Agus thainig a dheisciobuil, agus thug iad an corp leo, agus dh'adhlac iad e, agus thainig iad agus dh'innis iad *sin* do Iosa.

13 An uair a chual Iosa so, chaidh e as sin air luing gu ionad fàisail air leth : agus an uair a chual am pobull *sin*, lean iad d'an cois e as na bailtibh.

14 Agus air dol a mach do Iosa, chunnaic e coimhthional mòr, agus ghabh e truas mòr dhiubh, agus shìlàn-uich e an droing aca bha euslan.

15 Agus an uair a b'fheasgar e, thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, ag radh, Is àite fàisail so, agus a ta an t-àm a nis air dol seachad ; cuir an sluagh air falbh, chum as gu'n teid iad do na bailtibh, agus gu'n ceannuich iad biadh dhoibh fein.

16 Ach thubhairt Iosa riu, Cha ruig iad a leas falbh ; thugaibhse dhoibh r'a itheadh.

17 Agus thubhairt iad ris, Cha 'n-eil againn an so ach cùig arainn, agus dà iasg.

18 Thubhairt esan riu, Thugaibh an so iad do m' ionnsuidhs'.

19 Agus dh'àithn e do'n t-sluagh suidhe sìos air an fheur, agus ghlac e na cùig arain, agus an dà iasg, agus air amharc dha suas gu nèamh, bheannuich agus bhris e, agus thug e na h-arain d'a dheisciobluibh, agus thug na deisciobuil do'n t-sluagh iad.

20 Agus dh'ith iad uile, agus shà-nicheadh iad: agus thog iad làn dà chliabh dheug do'n bhiadh bhriste, a bha dh'fhuighleach aca.

21 Agus bha iadsan a dh'ith mu thimchioll cùig mìle fear, thuilleadh air mnaibh agus air cloinn.

22 Agus air ball choimhéighnich Iosa a dheisciobuil gu dol an luing, agus dol roimhe do'n taobh eile, agus an cuireadh esan an sluagh air falbh.

23 Agus an uair a leig e an sluagh uaith, chaidh e suas air beinn 'na aonar a dheanamh ùrnuigh: agus an uair a bha am feasgar air teachd, bha e an sin 'na aonar.

24 Ach bha an long fa 'n àm sin am meadhon na fairge, air a tilgeadh a null agus a nall leis na tonnaibh: oir bha a' ghaoth 'nan aghaidh.

25 Agus anns a' cheathramh faire do'n oidhche, chaidh Iosa d'an ionnsuidh, ag imeachd air an fhairge.

26 Agus an uair a chunnaic na deisciobuil e g'imeachd air an fhairge, bha iad fa bhuaircas, ag radh, Is spiorad a ta ann: agus ghlaodh h iad a mach le h-eagal.

27 Ach labhair Iosa riu air ball, ag radh, Biodh misneach mhaith agaibh, is mise a ta ann, na biodh eagal oirbh.

28 Agus fhreagair Peadar e agus thubhairt e, A Thighearna, ma's tu a ta ann, iarr ormsa teachd a d'ionnsuidh air na h-uisgeachaibh.

29 Agus thubhairt esan, Thig. Agus an uair a bha Peadar air teachd a nuas as an luing, dh'imich e air na h-uisgeachaibh, chum teachd gu h-Iosa.

30 Ach an uair a chunnaic e a' ghaoth làidir, ghabh e eagal: agus an uair a thòisich e air dol fuidh,

ghlaodh e, ag radh, A Thighearna, fòir orm.

31 Agus air ball shìn Iosa mach a làmh, agus rug e air, agus thubhairt e ris, O thusa air bheag creidimh, c'ar son a bha thu fuidh amharus?

32 Agus an uair a chaidh iad a steach do'n luing, choisg a' ghaoth.

33 An sin thainig iadsan a bha san luing, agus rinn iad aoradh dha, ag radh, Gu firinneach is tu Mac Dhé.

34 Agus an uair a chaidh iad do'n taobh eile, thainig iad gu talamh Ghenesaret.

35 Agus an uair a fhuair luchd an àite sin fiosrachadh uime, chuir iad fios air feadh na tìre sin uile air gach taobh dhiubh, agus thug iad d'a ionnsuidh an droing sin uile a bha euslan.

36 Agus ghuidh iad air, gu feudadh iad beantuinn ri h-ìomall 'eudaich a mhàin: agus a mhèud dhiubh 's a bhean, shlànuicheadh gu h-ìomlan iad.

## C A I B. XV.

3 A ta Crìosd a' cronuchadh nan scrìobhuiche agus nam Phairiseach air son àitheanta Dhé a bhriseadh le 'n gnàthuchadhsan; 11 a' teagasg nach e an nì a theid a steach do'n bheul a thruailleas an duine, &c.

A N sin thainig scrìobhuichean agus Phairisich o Hierusalem gu h-Iosa, ag radh,

2 C'ar son a ta do dheisciobuil a dol an aghaidh gnàthuchaidh nan sinnsear? oir cha'n ionnlaid iad an lamhan an uair a dh'itheas iad aran.

3 Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibhse a' briseadh àithne Dhé le blur gnàthuchadh fein?

4 Oir thug Dia àithne, ag radh, Tabhair onoir do t'athair agus do d' mhàthair: agus ge b'e mhalluicheas i 'athair no mhàthair, cuirear gu bàs e.

5 Ach their sibhse, Ge b'e neach a their r'a athair no r'a mhàthair, Biodh e 'na thiodhlacadh do'n teampull gach nì leis am feudadh tu buannachd fhaotainn uamsa,



6 Nach feum e'athair no mhàthair ondruchadh. Mar sin chuir sibhse an neo-brìgh àithne Dhé le bhur gnàthuchadh fein.

7 A chealgairean, is maith a rinn Esaias<sup>1</sup> fàidheadaireachd mu'r timchioll, ag radh,

8 A ta am pobull so a' dlùthachadh riumsa le'm beul, agus a' tabhairt onoir dhomh le'm bilibh : ach a ta an cridhe fada uam.

9 Ach is ann an dìomhanas a ta iad a' deanamh aoraidh dhomhsa, a' teagasg àitheanta dhaoine mar theagasg.

10 Agus air gairm an t-slàigh dha, thubhairt e riu, Eisdibh agus tuigibh.

11 Cha'n e an nì a theid a steach sa' bheul a shaluicheas an duine : ach an nì a thig a mach as a' bheul, is e so a shaluicheas an duine.

12 An sin thainig a dheisciobuil, agus thubhairt iad ris, Am bheil fhios agad gu'n do ghabh na Phairisich oilbheum, an dèigh dhoibh na briathran ud a chluinntinn ?

13 Ach fhreagair esan agus a thubhairt e, Gach uile luibh nach do shuidhich m' Athair nèamhaidhse, spìonar a bhun e.

14 Leigibh leo : is cinn-iuil dhall nan dall iad. Agus ma threòruicheas dall dall *eile*, tuitidh iad araon anns a' chlais.

15 Agus fhreagair Peadar agus thubhairt e ris, Minich dhuinn an cosamhlachd sin.

16 Agus thubhairt Iosa, Am bheil sibhse fathast mar an ceudna gun tuigse ?

17 Nach 'eil sibh a' tuigsinn fathast, ge b'e nì a theid a steach sa' bheul, gu'n dtheid e sa' bhroinn, agus gu'n tilgear a mach do'n t-slochd shalchair e ?

18 Ach na nithe sin a thig a mach as a' bheul, a ta iad a' teachd o'n chridhe, agus is iad sin a shaluicheas an duine.

19 Oir is ann as a' chridhe thig droch smuainte, mortadh, adhaltrannas, strìopachas, gaduigheachd, fianuis bhréige, toibheum.

20 Is iad so na nithe a shaluicheas

an duine : ach itheadh le lamhaibh gun ionnlad, cha saluich sin an duine.

21 Agus air dol do Iosa as sin, chaidh e gu crìochuibh Thiruis agus Shidoin.

22 Agus feuch, thainig bean do *mhuinntir* Chanaain o na crìochuibh sin, agus ghlaodh i ris, ag radh, Dean tròcair orm, a Thighearn, a Mhic Dhaibhi ; a ta mo nighean air a buaireadh gu truagh le deamhan.

23 Ach cha d'thug esan freagradh sam bith dh'i. Agus thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus dh'iarr iad air, ag radh, Cuir air falbh i, oir tha i glaothaich 'nar dèigh.

24 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Cha do chuireadh mise, ach a chum chaorach chailte thighe Israeil.

25 An sin thainig ise agus rinn i aoradh dha, ag radh, A Thighearna, cuidich learn<sup>m</sup>.

26 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Cha chòir aran na cloinne a ghlacadh, agus a thilgeadh chum nan con.

27 Agus thubhairt ise, Is fìor, a Thighearna : ach ithidh na coin do'n sbruileach a thuiteas o bhord am maighstirean.

28 An sin fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, O bhean, is mòr do chreidimh : biodh dhuit mar is toil leat. Agus rinneadh a h-inghean slàn o'n uair sin a mach.

29 Agus air imeachd do Iosa as sin thainig e laimh ri fairge Ghalile, agus an uair a chaidh e suas air beinn, shuidh e sìos an sin.

30 Agus thainig mòr shluagh d'a ionnsuidh, agus aca maille riu bacaich, doill, halbhain, *daoine* ciurramach, agus mòran eile, agus thilg iad sìos aig cosaibh Iosa iad, agus shlànuidh e iad :

31 Ionnsu gu'n do ghabh an sluagh iongantas 'nuair a chunnaic iad na balbhain a' labhairt, na *daoine* ciurramach slàn, na bacaich ag imeachd, agus na doill a' faicinn : agus thug iad glòir do Dhia Israeil.

32 An sin ghairm Iosa a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus thubhairt

<sup>1</sup> *Isaiah.*

<sup>m</sup> *fèir orm.*

e, A taim a' gabhail truais do 'n t-sluagh, oir dh'fhan iad maille rium a nis rè thri laithean, agus cha 'n'eil ni air bith aca r'a itheadh : agus cha chuir mi uam 'nan trosg iad, air eagal gu fannuich iad air an t-slighe.

53 Agus thubhairt a dheisciobuil ris, Cia as a gheibheamaid na h-uiread a dh'aran san fhàsach, as bu leoir a shàsachadh slòigh co mhòr ?

54 Agus thubhairt Iosa riu, Cia lìon aran a ta agaibh ? agus thubhairt iadsan, Seachd, agus beagan a dh'iasgaibh beaga.

55 Agus dh'àithn e do'n t-sluagh suidhe sìos air an làr.

56 Agus air glacadh nan seachd aran agus nan iasg dha, agus air breith buidheachais, bhris e iad, agus thug e d'a dheisciobluibh, agus thug na deisciobuil do'n t-sluagh iad.

57 Agus dh'ith iad uile, agus shàs- uicheadh iad : agus thog iad do'n bhiadh bhriste a dh'fhàgadh làn sheachd bascaid.

58 Agus bha a' mhuinntir a dh'ith, ceithir mìle fear, thuilleadh air mnaibh agus air cloinn.

59 Agus air dha an sluagh a leig- eadh uaith, chaidh e air luing, agus thainig e gu crìochaibh Mhagdala.

### C A I B. XVI.

1 *A ta na Phairisich ag iarraidh comharaidh. 6 A ta Iosa a' tabh- airt rabhaidh d'a dheisciobluibh mu thimchioll droch theagasg nam Phairiseach agus nan Sadusach. 13 Barail an t-sluaigh mu thimchioll Chrìosd, &c.*

**A** GUS air teachd do na Phairisich agus do na Sadusaich 'g a dhearbhadh <sup>a</sup>, dh'iarr iad air comhar a nochdadh dhoibh o nèamh.

2 Ach fhreagair esan agus thubh- airt e riu, An uair isfeasgar e, their sibh, *Bithidh* deadh aimsir ann ; oir a ta an t-athar dearg.

3 Agus air maduinn, *Bithidh* droch aimsir ann an diugh ; oir a ta an t-athar dearg agus dorch. Is aithne dhuibh breth a thoirt air gnùis an athair, agus nach 'eil e'n comas dhuibh comharan nan aimsir a thuigsinn ?

4 A ta ginealach aingidh agus adhaltrannach ag iarraidh comhar- aidh, agus cha toirear comhara dhoibh, ach comhar an fhàidh Ionais. Agus air dha am fàgail, dh'imich e *as sin*.

5 Agus an uair a thainig a dheis- ciobuil a dh'ionnsuidh na taoibh eile, dhichuimhnich iad aran a thabhairt leo.

6 Agus thubhairt Iosa riu, Thug- aibh an aire, agus gleidhibh sibh fein o thaois ghoirt nam Phairiseach, agus nan Sadusach.

7 Agus bha iad a' reusonachadh eatorra fein, ag radh, *Is ann* air son nach d'thug sinn aran leinn.

8 Agus air tuigsinn *sin* do Iosa, thubhairt e riu, O sibhse air bheag creidimh, c'ar son a ta sibh a' reuson- achadh eadruibh fein, *gur ann* a chionn nach d'thug sibh aran leibh ?

9 Nach 'eil sibh fathast a' tuigsinn, no cuimhneachadh nan cùig aran nan cùig mìle, agus cia lìon cliabh a thog sibh ?

10 No nan seachd aran nan ceithir mìle, agus cia lìon bascaid a thog sibh ?

11 -Cionnus nach 'eil sibh a' tuig- sinn, nach ann mu aran a thubhairt mi ribh, sibh a bhi air bhur faicill o thaois ghoirt nam Phairiseach, agus nan Sadusach ?

12 An sin thuig iad cionnus nach d'iarr e orra bhi air am faicill o thaois ghoirt an arain, ach o theagasg nam Phairiseach, agus nan Sadusach.

13 Agus air teachd do Iosa gu crìochaibh Chesarea Philipi, dh'fheor- aich e d'a dheisciobluibh, ag radh, Cò a tha daoine ag radh is e Mac an duine ?

14 Agus thubhairt iadsan, *Tha* cuid ag radh Eoin Baiste, cuid Elias, agus cuid eile Ieremias, no aon do na fàidhibh.

15 Thubhairt esan riu, Ach cò tha sibhse ag radh is mi ?

16 Agus fhreagair Simon Peadar agus thubhairt e, *Is tusa* Crìosd, Mac an Dé bheo.

17 Agus fhreagair Iosa agus thubh- airt e ris, *Is beannuicht'* thusa, a Shi- moin Bhar-Iona ; oir cha d'fhoillsich



fuil is feoil sin duitse, ach m' Athairs' a ta air nèamh.

18 Agus a deirimse riut, Gur tusa Peadar, agus air a' charraig<sup>o</sup> so togaidh mise m'eaglais : agus cha tabhair geatan ifrinn buaidh oirre.

19 Agus bheir mi dhuit iuchraiche rioghachd nèimhe : agus ge b'e ni a cheanglas tusa air talamh, bithidh e ceangailte air nèamh ; agus ge b'e ni a dh'fhuasglas tusa air talamh, bithidh e fuasgailte air nèamh.

20 An sin dh'àithn e d'a dheisciobluibh gun iad a dh'innseadh do neach air bith, gu'm b'esan Iosa an Criosd.

21 O'n àm sin a mach thòisich Iosa air nochdadh d'a dheisciobluibh, gu'm b' éigin dasan dol suas gu Hierusalem, agus mòran do nithibh fhulang o na seanairibh, agus na h-ard shagartaibh, agus na scriobhuichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus a bhi air a thogail suas air an treas là.

22 Agus ghabh Peadar e, agus thòisich e air achmhasan a thabhairt dha, ag radh, Gu ma fada sin uaitse, a Thighearna ; cha tachair sin duitse.

23 Ach air tionndadh dhasan, thubhairt e ri Peadar, Imich air mo chùl, a Shatain, is oilbheum dhomh thu : oir cha'n'eil spéis agad do nithibh Dhé, ach do nithibh dhaoine.

24 An sin thubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Ma's àill le neach air bith teachd a'm' dhéighse, àicheadhadh se e fein, agus togadh e air a chrann-ceusaidh, agus leanadh e mise.

25 Oir ge b'e neach le'm b'àill 'anam a ghleidheadh, caillidh se e ; agus ge b'e neach a chailleas 'anam air mo sgàthsa, gheibh se e.

26 Oir ciod an tairbhe a ta ann do dhuine, ge do chosnadh e an saoghal uile, agus 'anam fein a chall ? no ciod i a' mhalairt<sup>p</sup> a bheir duine air son 'anama ?

27 Oir thig Mac an duine ann an glòir' Athar, maille r'a ainglibh ; agus an sin bheir e do gach neach a réir a ghnìomhara.

28 Gu deimhin a deirim ribh, Gu bheil cuid do'n droing a ta 'nan seasamh an so, nach blais bàs, gus am

faic iad Mac an duine a' teachd 'na rioghachd fein.

## C A I B. XVII.

I Atharrachadh agus dealrachadh cruitha Iosa. 14 A ta se a' slànuchadh an leinibh air an robh an tuiteamach, 22 ag innseadh fhulangais roimhlaimh, 24 agus ag òcadh na cìse.

**A**GUS an déigh shea laithean, aghabh Iosa Peadar, agus Seumas, agus Eoin a bhràthair, agus threòruich e iad air leth gu beinn ard,

2 Agus dh'atharraicheadh a chruth 'nan làthair, agus dhealraich 'aghaidh mar a' ghrian, agus rinneadh 'eudach geal mar an solus.

3 Agus feuch, chunncas leo<sup>r</sup> Maois agus Elias a' comhradh ris.

4 An sin fhreagair Peadar, agus thubhairt e ri h-Iosa, A Thighearn, is maith dhuinne bhi 'n so : ma's àill leatsa, deanamaid tri bothain<sup>s</sup> an so ; aon duitse, aon do Mhaois, agus aon do Elias.

5 Air dha bhi fathast a' labhairt, feuch, thilg neul soillseach sgaile orra : agus feuch, guth as an neul, ag radh, Is e so mo Mhac gràdhachsa, anns am bheil mo mhòr thlachd, éisdibh ris.

6 Agus an uair a chuala na deisciobuil so, thuit iad air an aghaidh, agus ghabh iad eagal ro mhòr.

7 Agus thainig Iosa agus bhean e riu, agus thubhairt e, Eiribh, agus na biodh eagal oirbh.

8 Agus an uair a thog iad suas an sùilean, cha 'n fhaic iad neach air bith, ach Iosa 'na aonar.

9 Agus an àm dhoibh teachd a nuas o'n bheinn, thug Iosa àithne dhoibh, ag radh, Na-innsibh do neach air bith an ni a chunnaic sibh, gus an éirich Mac an duine o na marbhaibh.

10 Agus dh'fhèoraich a dheisciobuil dheth, ag radh, C'ar son ma seadh a their na scriobhuichean, gur éigin Elias a theachd air tùs ?

11 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Thig Elias gu firinneach air tùs, agus aisigidh e na h-uile nithe :

12 Ach a deirimse ribh, Gu'n

d'thainig Elias a cheana, agus cha d'aithnich iad e, ach rinn iad gach ni bu toil leo ris: is ann mar sin mar an ceudna a dh'fhulaingeas Mac an duine uatha.

13 An sin thuig na deisciobuil gu'm b'ann mu Eoin Baiste a labhair e riu.

14 Agus an uair a thainig iad chum an t-sluaigh, thainig duine *àraidh* d'a ionnsuidh, a' tuiteam air a ghlùinibh dha, agus ag radh,

15 A Thighearna, dean tròcair air mo mhac, oir a ta e gu tinn leis an tuiteamach<sup>t</sup>, agus is mòr an cràdh a ta e a' fulang: oir a ta e gu minic a' tuiteam san teine, agus gu tric san uisge.

16 Agus thug mi e dh'ionnsuidh do dheisciobul, agus cha b'urrainn iad a leigheas.

17 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, A ghinealaich neo-chreidich, agus choirbte, cia fhad a bhitheas mi maille ribh? cia fhad a dh'fhulaingeas mi sibh? thugaibh am' ionnsuidhs' an so e.

18 Agus chronuich Iosa an deamhan, agus dh'imich e as: agus shlànuicheadh an leanabh o'n uair sin a mach.

19 An sin an uair a thainig na deisciobuil chum Iosa fa leth, thubhairt iad, C'ar son nach b'urradh sinne a thilgeadh a mach?

20 Agus thubhairt Iosa riu, Air son bhur mi-chreidimh: oir gu firinneach a deirim ribh, Nam biodh aguibh creidimh marghàinne mustaird, theireadh sibh ris a' bheinn so, Atharruich as so an sud, agus dh'atharruicheadh i; agus cha bhiodh ni air bith eucomasach dhuibh.

21 Gidheadh, cha dtheid a' ghnè so mach, ach le h-ùrnuigh agus le trosgadh.

22 Agus am feadh a bha iad a' fantuinn ann an Galile, thubhairt Iosa riu, Bithidh Mac an duine air a bhrath thairis do lamhaibh dhaoine:

23 Agus marbhaidh siad e, ach an treas là éiridh e: Agus bha iadsan ro bhrònach.

24 Agus air teachd dhoibh do Cha-

pernaum, thainig luchd togail na cìse gu Peadar, agus thubhairt iad ris, Nach 'eil bhur maighstirse 'g iocadh na cìse?

25 Thubhairt esan, A ta. Agus an uair a chaidh e steach do'n tigh, labhair Iosa ris air tùs, ag radh, Ciod i do bharails', a Shimoin? cia uaith a ta rìghre na talmhainn a' togail càine no cìse<sup>u</sup>? 'N ann o'n cloinn fein, no o choigreachaibh?

26 Thubhairt Peadar ris, O choigreachaibh. Thubhairt Iosa ris-san, Air an aobhar sin a ta a' chlann saor:

27 Gidheadh chum nach tugamaid oibheum dhoibh, imichsa chum na fairge, agus tilg dubhan *innte*, agus tog an ceud iasg a thig a nìos: agus air fosgladh a bheoil duit, gheibh thu bonn airgid; sin gabh, agus tabhair dhoibh air mo shonsa, agus air do shon fein.

## C A I B. XVIII.

1 *A ta Criosd o' toirt àitkne d'a dheisciobluibh bhi ùmhal agus neo-chronail, 7 oibheum o sheachnadh, agus gun iad a dheanamh tàir air cloinn bhig, &c.*

**A** NNS an àm sin fein thainig na deisciobuil chum Iosa, ag radh, Cò a's mò ann an rioghachd nèimhe?

2 Agus air do Iosa leanabh beag a ghairm chuige, chuir e 'nam meadhon e,

3 Agus thubhairt e, Gu firinneach a deirim ribh, Mur iompoichear sibh, agus mur bi sibh mar leanabana, nach dtheid sibh a steach do rioghachd nèimhe.

4 Air an aobhar sin ge b'e dh'islicheas e fein mar an leanaban so, 'se sin fein a's mò ann an rioghachd nèimhe.

5 Agus ge b'e ghabhas aon leanaban d'a leithid so ann am ainmse, gabhuidh e mise.

6 Ach ge b'e neach a bheir oibheum dh'aon neach do'n mhuinntir bhig so a ta creidsinn annamsa, b'fhearr dha gu'm biodh cloch-mhuilinn air a crochadh r'a mhuineal, agus gu'm biodh e air a bhàthadh ann an doimhne na fairge.

<sup>t</sup> tuiteamas, guin na ré, tinneas na gealaich.

<sup>u</sup> gearraidh no duilinne.



7 Is anaoibhinn do'n t-saoghal air son oilbheuman: oir is eigin do oilbheumaibh teachd; ach is anaoibhinn do'n duine sin trid an dthig an t-oilbheum.

8 Uime sin ma bheir do lamh no do chos aobhar oilbheim<sup>a</sup> dhuit, gearr dhìot iad, agus tilg uait iad: is fearr dhuit dol a steach do'n bheatha air leth chois no air leth laimh, na dà laimh no dà chois a bhi agad, is tu bhi air do thilgeadh anns an teine shiorruidh.

9 Agus ma bheir do shùil aobhar oilbheim dhuit, spion asad i, agus tilg uait i: is fearr dhuit dol a steach chum na beatha air leth shùil, na dà shùil a bhi agad agus thu bhi air do thilgeadh ann an teine ifrinn.

10 Thugaibh an aire nach dean sibh tarcuais air aon neach do'n mhuinntir blug so; oir a deirimse ribh, gu bheil an aingilsan air nèamh a' faicinn a ghnàth gnùis m' Atharsa, a ta air nèamh.

11 Oir thainig Mac an duine a shaoradh an ni sin a bha caillte.

12 Ciod is barail dhuibhse? ma bhitheas aig duine ceud caora, agus gu'n dtheid aon diubh air seacharan, nach fàg e na naoi caoraich dheug agus ceithir fichead air na beanntaibh, agus nach dtheid e dh'iarruidh na caorach a chaidh air seacharan?

13 Agus ma tharlas da gu'm faigh e i, gu deimhin a deirim ribh, Gu'n dean e tuilleadh gairdeachais air son na caorach sin, na air son nan naoi caorach dheug agus ceithir fichead, nach deachaidh air seacharan.

14 Mar so cha'n e toil bhur n-Athars' a ta air nèamh, gu'n rachadh aon neach do'n mhuinntir bhig so a chall.

15 Uime sin ma pheacuicheas do bhràthair a'd' aghaidh, imich agus innis a lochd dha<sup>b</sup> eadar thu fein agus esan a mhàin: ma dh'éisdeas e riut, choisinn thu do bhràthair.

16 Ach mur éisd e riut, tabhair leat aon no dithis eile, chum gu'm bi gach ni air a dheanamh<sup>c</sup> seasmhach am beul dithis no triuir a dh'fhianuisibh.

17 Agus ma dhiultas e iadsan éisd-eachd, innis do'n eaglais e: ach ma dhiultas e 'n eaglais éisdeachd, biodh e dhuit mar Gheintileach, agus mar chis-mhaor.

18 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e air bith nithe a cheanglas sibhse air talamh, bithidh iad ceangailte air nèamh: agus ge b'e air bith nithe a dh'fhuasglas sibhse air talamh, bithidh iad fuasgailte air nèamh.

19 A ris a deirim ribh, Ma choird-eas dithis aguibh air talamh mu thimchioll aon ni a dh'iarras iad, nithear so, dhoibh le m' Athairs' a ta air nèamh.

20 Oir ge b'e àit am bheil dithis no triuir air an cruinneachadh an ceann a chéile a'm' ainmse, a ta mise an sin 'nam meadhon.

21 Air dol do Pheadar d'a ionnsuidh san àm sin, thubhairt e, A Thighearna, cia minic a pheacuicheas mo bhràthair a'm' aghaidh, agus a mhaithes mi dha? An ann gu ruig an seachdamh uair?

22 Thubhairt Iosa ris, Ni abram riut, gus an seachdamh uair, ach gu deich agus trì fichead seachd uaire.

23 Air an aobhar sin is cosmhuil rioghachd nèimhe ri rìgh àraidh le'm b'àill cunntas a dheanamh r'a sheirbhisich.

24 Agus an uair a thòisich e air cunntas a dheanamh, thugadh aon d'a ionnsuidh air an robh aige deich mìle talann.

25 Ach do bhrìgh nach robh aige ni leis an dioladh e, dh'àithn a thighearn e fein, agus a bhean, agus a chlann, agus na h-uile nithe a bha aige a reiceadh, agus dioladh a dheanamh.

26 Air an aobhar sin thuit an seirbhiseach sin sìos, agus rinn e umhlachd dha, ag radh, A Thighearn, dean foighidin rium, agus locaidh mi dhuit an t-iomlan.

27 An sin air do thighearn an òg-laich sin truas mòr a ghabhail dheth, leig e a chead da, agus mhaith e na fiacha dha.

28 Ach an uair a chaidh an seirbhiseach sin fein a mach, fhuair e

<sup>a</sup> tuislidh. <sup>b</sup> spreig, tagair ris. <sup>c</sup> a' chùis uile air a deanamh.

aon d'a choimh-sheirbhisich air an robh aige ceud peghinn : agus chuir e lamh ann, agus rug e air sgornan air, ag radh, Ioc dhomh na bheil ag-am ort.

29 Agus thuit a choimh-sheirbhisich sios aig a chosaibh, agus ghuidh e air, ag radh, Dean foighidín rium, agus locaidh mi dhuit an t-iomlan.

30 Agus cha b'àill leis-san sin : ach dh'imich e agus thilg e am prìosun e, gus an locadh e na fiacha.

31 Agus an uair a chunnaic a choimh-sheirbhisich na nithe a rinn-eadh, bha iad ro dhoilich, agus thainig iad, agus dh'fhoillsich iad d'an tighearn gach ni a rinneadh.

32 An sin air d'athighearnaghairm, thubhairt e ris, A dhroch sheirbhisich, mhaith mi dhuit na fiachan ud uile, do bhrìgh gu'n do chuir thu impidh orm.

33 Nach bu chòir dhuitse mar an ceudna tròcair a dheanamh air do choimh-sheirbhisich fein, amhuil mar a rinn mise tròcair ortsa?

34 Agus air gabhail feirge d'a tighearn, thug e do na ceusadairibh e, gus an locadh e fhiachan uile dha.

35 Agus mar sin nì m' Athair nèamhuidh ribhse, mur maith gach aon agaibh o bhur cridhibh d'a bhrà-thair an cionta.

### C A I B. XIX.

2 *A ta Crìosd a' slànuchadh na muinntir a bha tinn, 5 a' freagairt nam Phairiseach mu thimchioll dealachaidh, 10 a' nochdadh c'uin a ta am pòsadh feumail, 13 a' gabhail ri cloinn bhig, &c.*

**A**GUS tharladh, an uair a chrìochnuich Iosa na briathrasa, gu'n dh'imich e o Ghalile, agus thainig e gu crìochaibh Iudea, air an taobh thall do Iordan :

2 Agus lean sluagh mòr e, agus shlànuidh e iad an sin.

3 Thainig na Phairisich mar an ceudna d'a ionnsuidh 'ga dhearbhadh e, agus ag radh ris, Am bheil e ceaduichte do dhuine a bhean a chur uaith air gach uile aobhar?

4 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Nach do leugh sibh, An tì

a rinn air tùs iad, gu'n d'rinn e iad fear agus bean?

5 Agus thubhairt e, Air an aobhar so fàgaidh duine 'athair agus a mhàthair, agus dlùth-leanuidh e r'a mhnaoi: agus bithidh iad araon 'nan aon fheoil.

6 Air an aobhar sin cha dithis iad nì's mò, ach aon fheoil. Uime sin an nì a cheangail Dia, na sgaoileadh duine.

7 Thubhairt iad ris, C'ar son ma seadh a dh'àithn Maois litir-dhealaich a thubhairt dh'i, agus a cur air falbh?

8 Thubhairt esan riu, Dh'fhulaing Maois dhuibhse air son cruais bhur cridhe, bhur mài a chur uaibh : ach cha robh e mar sin o thùs.

9 Agus a deirimse ribh, Ge b'e chuireas uaith a bhean, ach air son strìopachais, agus a phòsas bean eile, a ta e a' deanamh adhaltrannais : agus ge b'e neach a phòsas ise a chuireadh air falbh, a ta e a' deanamh adhaltrannais.

10 Thubhairt a dheisciobuil ris, Ma's e sin cor an fhir r'a mhnaoi, cha 'n'èil am pòsadh maith r'a dheanamh.

11 Ach thubhairt esan riu, Cha 'n'èil na h-uile dhaoine comasach air a' chainnt so a ghabhail, ach iadsan d'an d'thugadh e.

12 Oir a ta cuid 'nan caillteanaich, a rugadh mar sin o bhroinn am màthar : agus a ta cuid do chaillteanaich ann, a rinneadh 'nan caillteanaich le daoineibh : agus a ta caillteanaich ann, a rinn iad fein 'nan caillteanaich air son rioghachd nèimhe. Ge b'e neach a ta comasach air a ghabhail chuige, gabhadh se e.

13 An sin thugadh clann bheag d'a ionnsuidh, chum gu cuireadh e a lamhan orra, agus gu'n deanadh e ùrnaigh : agus chronuich na deisciobuil iad.

14 Ach thubhairt Iosa, Fulaingibh do na leanabaibh, agus na bacaibh dhoibh teachd a m' ionnsuidh : oir is ann d'an leithidibh sin a ta rioghachd nèimhe.

15 Agus an déigh dha a lamhan a chur orra, dh'imich e as sin.

16 Agus feuch, thainig neach agus thubhairt e ris, A mhaighstir mhaith,

d thachair.

e 'ga fheuchainn, 'ga bhuairleadh.



ciod am maith a dheanam chum gu faigh mi a' bheatha mhaireannach?

17 Agus thubhairt esan ris, C'ar son a ghoireadh tu maith dhiomsa? cha 'n'eil aon neach maith ach a h-aon, eadhon Dia: ach ma's àill leat dol a steach chum na beatha, coimhid<sup>f</sup> na h-àitheanta.

18 Thubhairt esan ris, Cia iad? agus thubhairt Iosa, Na dean mortadh. Na dean adha<sup>h</sup>trannas. Na goid. Na toir fianuis bhréige.

19 Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhàthair: agus, Gràdhaich do choimhearsnach mar thu fein.

20 Thubhairt an t-òganach ris, Choimhid mi iad sin uile o m'òige: ciod a ta dh'uireasbhuidh orm fathast?

21 Thubhairt Iosa ris, Ma's àill leat bhi coimhlionta, imich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus gheibh thu ionmhas air nèamh: agus thig, agus lean mise.

22 Ach an uair a chual an t-òganach na briathra sin, dh'fhalbh e gu brònach: oir bha mòr shaibhreas aige.

23 An sin thubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Gu firinneach a deirim ribh, gu bheil e cruaidh air duine saibhir dol a steach do rioghachd nèimhe.

24 Agus a rìs a deirim ribh, Gur usadh do chàmhail dol tre<sup>s</sup> chrò snàthuide, na do dhuine saibhir dol a steach do rioghachd Dhé.

25 Agus air cluinntinn so d'a dheisciobluibh, ghabh iad iongantas mòr, ag radh, Cia ma seadh an neach a dh'fheudas a bhi air a shaoradh?

26 Ach air amharc do Iosa orra, thubhairt e riu, Do dhaoineibh a ta so eucomasach, ach do Dhia a ta na h-uile nithe comasach.

27 An sin fhreagair Peadar, agus thubhairt e ris, Feuch, thréig sinne na h-uile nithe, agus lean sinn thusa; air an aobhar sin ciod a gheibh sinn?

28 Agus thubhairt Iosa riu, Gu deimhin a deirim ribh, sibhse a lean mise, anns an ath-ghineamhuin<sup>h</sup>, an trà shuidheas Mac an duine air caithir a ghlòire fein, gu'n suidh sibhse mar an ceudna air dà chaithir dheug, a'

tabhairt breth air dà threibh dheug Israeil.

29 Agus ge b'e neach a thréig tighean, no bràithrean, no peathraichean, no athair, no màthair, no bean-phòsda, no clann, no fearann air sgàth m'ainmese, gheibh e a' cheud uiread, agus a' bheatha mhaireannach mar oighreachd.

30 Ach a ta mòran air thoiseach a bhitheas air dheireadh; agus air dheireadh, a bhitheas air thoiseach.

## C A I B. XX.

1 *A ta Criosd, le cosamhlachd air a ghabhail o luchd saothreach ann an gàradh fiona, a' dearbhadh nach 'eil Dia fuidh fhiachaibh do dhuine air bith; 17 a' roimh-innseadh a bhàis, &c.*

**O**IR is cosmhuil rioghachd nèimhe ri fear-tighe, a chaidh a mach moch air mhaduinn a thuarasdalachadh luchd oibre d'a ghàradh fionai.

2 Agus an déigh dha cordadh ris an luchd oibre air pheghinn *Romhanaich* san là, chuir e g'a ghàradh fiona iad.

3 Agus an uair a chaidh e mach timchioll na treas uaire, chunnaic e droing eile 'nan seasamh dìomhanach air a' mhargadh.

4 Agus thubhairt e riu, Imichibhse mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'e ni a bhitheas ceart, bheir mi dhuibh e. Agus dh'imich iad.

5 An uair a chaidh e mach a rìs timchioll na seathadh agus na naothadh uaire, rinn e mar an ceudna.

6 Agus an uair a chaidh e mach mu thimchioll na h-aon uair deug, fhuair e dream eile 'nan seasamh dìomhanach, agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh 'nar seasamh an so feadh an là dìomhanach?

7 Thubhairt iad ris, A chionn nach do thuarasdaluich duine air bith sinn. Thubhairt esan riu, Imichibhse mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'e ni a ta ceart, gheibh sibh e.

8 Agus air teachd do'n fheasgar, thubhairt tighearn a' ghàraidh fhìona sin r'a stiùbhard<sup>l</sup>, Gairm an luchd oibre, agus tabhair dhoibh an tuaras-

<sup>f</sup> gleidh. <sup>s</sup> trid, troimh. <sup>h</sup> ath-ùrachadh, ath-chruthachadh. <sup>i</sup> fhionlios. <sup>l</sup> fhear-riaghlaidh.

dal, a' tòiseachadh o 'n droing a thainig fa dheireadh gu ruig na ceud daoine.

9 Agus an uair a thainig iadsan a thuarasduicheadh mu thimchioll na h-aon uair deug, fhuair gach duine dhiubh peghinn.

10 Ach an uair a thainig an ceud dream, shaoil iadsan gu'm faigheadh iad ni bu mhò; ach fhuair gach aon diubh mar an ceudna peghinn.

11 Agus air dhoibh fhaotainn, rinn iad gearan an aghaidh fhir-an-tighe.

12 Ag radh, An dream sin a thainig fa dheireadh, cha d'rinn iad obair ach aon uair, agus rinn thu iad ionann agus sinne, a dh'iomchair uallach l agus teas an là.

13 Ach fhreagair esan agus thubhairt e ri fear dhiubh, A charaid, cha 'n'eil mi a' deanamh eucoir ort: nach do choird thu rium air pheghinn?

14 Tog leat do chuid fein, agus imich romhad: 's i mo thoils' a thabhairt do'n ti so a thainig fa dheireadh, mar a thug mi dhuitse.

15 Nach 'eil e ceaduichte dhomhsa an ni a's toil leam a dheanamh ri m' chuid fein? an bheil do shùils' olc, air son gu bheil mise maith?

16 Mar sin bithidh an droing dheireannach air thoiseach, agus an droing a ta air thoiseach air dheireadh: oir a ta mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

17 Agus ag dol do Iosa suas gu Hierusalem, thug e an dà dheisciobul deug leis fa leth anns an t-slighe, agus thubhairt e riu,

18 Feuch, a ta sinn a' dol suas gu Hierusalem, agus bithidh Mac an duine air a bhrath thairis do na h-ard shagartaibh, agus do na scriobhuichibh, agus dithidh iad chum bàis e.

19 Agus bheir iad thairis e do na Cinnich chum fanoid a dheanamh air, agus chum a sgiursadh, agus a cheusadh: ach an treas là éiridh e a ris.

20 An sin thainig d'a ionnsuidh màthair cloinne Shebede, maille r'a mic, a' tabhairt onoir dha, agus ag iarraidh ni àraidh air.

21 Agus thubhairt esan rithe, Ciod

a b'àill leat? Thubhairt i ris, Abairm gu'n suidh iad so mo dhithis mhac, fear aca air do laimh dheis, agus fear eile air do laimh chli, a'd' rioghachd.

22 Ach fhreagair Iosa agus thubhairt e, Cha 'n'eil fhios agaibh ciod a ta sibh ag iarraidh. Am bheil sibh comasach air a' chupan sin òl a dh'òlas mise, agus a bhi air bhur baisteadh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise? Thubhairt iad ris, A ta sinn comasach.

23 Agus thubhairt esan riu, Oluidh sibh gu deimhin do m' chupansa, agus baistear sibh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise: ach suidhe air mo laimh dheis agus chli, cha leamsa sin a thabhairt, ach dhoibhsan d' am bheil e air ulluchadh le m' Athairse.

24 Agus air cluinntinn so do'n deichnear, bha iad diombach air an dithis bhràithre.

25 Ach ghairm Iosa iad d'a ionnsuidh agus thubhairt e, A ta fhios agaibh gu bheil aig prionnsaibh nan Cinnich tighearnas orra, agus gu bheil aig an daoinibh mòra smachd orra.

26 Ach mar sin cha bhi e 'nar measga: ach ge b'e neach le'm b'àill a bhi mòr 'nar measg, biodh e dhuibh 'na fhear-frithealaidh.

27 Agus ge air bith le'm b'àill toiseach a bhi aige ann bhur measg, biodh esan 'na sheirblùiseach dhuibh:

28 Amhuil mar nach d'thainig Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thabhairt 'anama fein mar éiric air son mhòrain.

29 Agus ag dol a mach dhoibh a Iericho, lean sluagh mòr e.

30 Agus feuch, dithis do dhaoinibh dall, a bha 'nan suidhe ri taobh na slighe, 'nuair a chual iad gu'n robh Iosa a' dol seachad, ghlaodh iad, ag radh, Dean tròcair oirne, a Thighearn, a Mhic Dhaibhi.

31 Agus chronuich an sluagh iad, chum gu'm biodh iad 'nan tosd: ach is mòid a ghlaodh iadsan, ag radh, Dean tròcair oirnn, a Thighearn, a Mhic Dhaibhi.



32 Agus sheas Iosa, agus ghairm e iad, agus thubhairt e, Ciod is àill leibh mise a dheanamh dhuibh?

33 Thubhairt iadsan ris, A Thigh-earn, ar sùilean a bhi air am fosgladh.

34 Agus ghabh Iosa truas dhiubh, agus bhean e r'an sùilibh: agus air ball<sup>n</sup> thainig radharc d'an sùilibh, agus lean iad e.

### C A I B. XXI.

1 *A ta Iosa a' marcachd gu Hierusalem air asail, 12 a' tilgeadh a mach an luchd reic' agus ceannachd as an teampull, 17 a' malluchadh a' chroinn-fhìge, &c.*

**A** Gus an uair a dhruid iad ri Hierusalem, agus a thainig iad gu Betphage, gu sliabh nan crann-ola, an sin chuir Iosa dithis d'a dheisciobluibh uaith,

2 Ag radh riu, Rachaibh do'n bhaile a ta thall fa'r comhair, agus air ball gheibh sibh asal ceangailte ann, agus loth maille rithe<sup>o</sup>: fuasglaidh, agus thugaibh a m'ionnsuidhs<sup>iad</sup>.

3 Agus ma labhras aon duine ni air bith ribh, abraibh, Gu bheil feum aig an Tighearn orra; agus cuiridh e uaith air ball iad.

4 Rinneadh na nithe so uile, chum gu 'n coimhliontadh an ni a thubhradh leis an fhàidh, ag radh,

5 Innsibh do nighean Shioin, Feuch, a ta do Rìgh a' teachd a d' ionnsuidh gu ciuin, is e 'n a shuidhe air asail, agus air loth<sup>p</sup> mac na h-asail.

6 Agus dh'imich na deisciobuil, agus rinn iad mar a dh'àithn Iosa dhoibh,

7 Agus thug iad an asal agus an loth leo, agus chuir iad am falluingean<sup>r</sup> orra, agus chuir iad esan 'na shuidhe air am muin.

8 Agus sgaoil mòr shluagh am falluingean air an t-slighe; agus ghearr droing eile geuga do na crannaibh, agus leag iad air an t-slighe iad.

9 Agus thog an sluagh a bha roimhe agus 'na dhéigh iolach, ag

radh, Hosanna do Mhac Dhaibhi: beannuichte gu robh an Ti a thig ann an ainm an Tighearna; hosanna anns na h-ardaibh.

10 Agus air dol dhasan a steach do Hierusalem, ghluaisheadh am baile<sup>s</sup> uile, ag radh, Cò e so?

11 Agus thubhairt an sluagh, Is e so Iosa am fàidh o Nasaret Ghalile.

12 Agus chaidh Iosa a steach do theampull Dé, agus thilg e mach iadsan uile a bha reic agus a' ceannach anns an teampull, agus thilg e buird luchd malairt<sup>t</sup> an airgid thairis, agus caithriche luchd reicidh nan columan.

13 Agus thubhairt e riu, A ta e scriobhta, Goirear tigh ùrnuigh do m' thigh-sa, ach rinn sibhse 'na gharaidh luchd-reubainn<sup>u</sup> e.

14 Agus thainig na doill agus na bacaich d'a ionnsuidh anns an teampull, agus shlànuich e iad.

15 Agus an uair a chunnaic na h-ard shagairt agus na scriobhuichean na gnìomharan iongantach a rinn e, agus a' chlann a' glaothaich san teampull, agus ag radh, Hosanna do Mhac Dhaibhi, bha corruich mhòr orra.

16 Agus thubhairt iad ris, An cluinn thu ciod a ta a' mhuinntir sin ag radh? Agus thubhairt Iosa riu, A ta mi cluinntinn; nach do leugh sibhse riamh, As beul nan naoidh agus nan clochran choimhlion thu mòladh?

17 Agus an uair a dh'fhàg e iad, chaidh e mach às a' bhaile gu Betani, agus dh'fhan e an sin.

18 Agus ag pilleadh dha chum a' bhaile air mhaduinn, bha ocras air.

19 Agus air dha crann-fìge fhaicinn air an t-slighe, thainig e d'a ionnsuidh, agus cha d'fhuair e ni air bith air, ach duilleach a mhàin; agus thubhairt e ris, Nar fhàsadh toradh o so suas gu bràth ort. Agus chrìon an crann-fìge air ball.

20 Agus an uair a chunnaic na deisciobuil e, ghabh iad iongantas, ag

<sup>n</sup> gun dàil, san uair. <sup>o</sup> 'na fochair. <sup>p</sup> bioraiche. <sup>r</sup> eudach uachdair.

<sup>s</sup> a' chathair. <sup>t</sup> iomlaid. <sup>u</sup> 'na uaimh chreachadairean, 'na shlochd mheirleach.

radh, Cia luath a shearg an crann-fige as ?

21 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Gu deimhin a deirim ribh, ma bhitheas creidimh agaibh, agus nach bi sibh fuidh amharus, cha 'n e mhàin gu'n dean sibh an ni a rinneadh do'n chrann-fhìge, ach mar an ceudna ma their sibh ris a' bheinn so, Togar thu, agus tilgear san fhairge thu, bithidh e deanta :

22 Agus ge b'e air bith nithe a dh'iarraas sibh ann bhur n-ùrnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad.

23 Agus an uair a thainig e do'n teampull, thainig na h-ard shagairt agus seanairean a' phobuill d'a ionnsuidh, agus e a' teagasg, ag radh ris, Ciod e an t-ùghdarras trid am bheil thusa a' deanamh nan nithese ? agus cò thug an cumhachd so dhuit ?

24 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Feòruichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse, agus ma dh'innseas sibh dhomh e, innsidh mise dhuibhse air mhodh ceudna cia an t-ùghdarras trid an deanam na nithese.

25 Baisteadh Eoin, cia as a thainig e ? O nèamh, no o dhaoinibh ? Ach reusonuich iadsan 'nam measg fein, ag radh, Ma their sinn, O nèamh, their esan ruinn, C'ar son ma seadh nach do chreid sibh e ?

26 Ach ma their sinn, O dhaoinibh, a ta eagal a' phobuill oirnn ; oir a ta meas fàidh aig gach uile dhuine air Eoin.

27 Agus fhreagair iad Iosa, agus thubhairt iad, Cha 'n'eil fhios againn. Agus thubhairt esan riu, Nì mò dh'innseas mise dhuibhse cia an t-ùghdarras trid an deanam na nithe so.

28 Ach ciod i bhur barailse ? Bha aig duine àraidh dithis mhac, agus thainig e dh'ionnsuidh a' cheud mhic, agus thubhairt e, A mhic, imich, dean obair an diugh a'm' ghàradh fiona.

29 Agus fhreagair esan agus thubhairt e, Cha dean : ach 'na dhéigh sin, ghabh e aithreachas agus dh'imich e.

30 Agus thainig e gus an dara mac, agus thubhairt e mar an ceudna. Agus fhreagair esan agus thubhairt e, *Théid*, a Thighearn ; gidheadh cha deachaidh e.

31 Cia do'n dithis a rinn toil 'a-thar ? Thubhairt iadsan ris, An ceud fhear. Thubhairt Iosa riu, Gu firinneach a deirimse ribh, gu'n dthéid na cis-mhaoir agus na striopaichean do rioghachd Dhé roimhibhse.

32 Oir thainig Eoin d'ar ionnsuidh an slighe na fireantachd, agus cha do chreid sibh e : ach chreid na cis-mhaoir agus na striopaichean e. Agus ged a chunnaic sibhse so, cha do ghabh sibh aithreachas 'na dhéigh sin, a chum gu'n creideadh sibh e.

33 Eisdibh ri cosamhlachd eile : Bha fear-tighe àraidh ann, a phlann-duich fion-lios, agus chuir e gàradh<sup>a</sup> m'a thimchioll, agus chladhaich e ionad bruthaidh an fhìona ann, agus thog e tùr, agus shuidhich e air tuath e ; agus chaidh e fein air choigrich.

34 Agus an trà dhruid riu àm an toraidh, chuir e a sheirbhisich a dh'ionnsuidh na tuatha, a dh'fhaotainn a thoraidh.

35 Agus rug an tuath air a sheirbhisich, agus ghabh iad air fear dhiubh, agus mharbh iad fear eile, agus chlach iad fear eile.

36 A ris, chuir e seirbhisich eile uaith, tuilleadh na sa' cheud chuid-eachd : agus rinn iad orrasan mar an ceudna.

37 Ach fa dheireadh, chuir e a mhac fein d'an ionnsuidh, ag radh, Bheir iad urram do m' mhac.

38 Ach an uair a chunnaic an tuath am mac, thubhairt iad eatorra fein, 'Se so an t-Oighre, thigibh, marbhamaid e, agus glacamaid 'oighreachdsan dhuinn fein.

39 Agus rug iad air, agus thilg iad a mach as an fhìon-lios e, agus mharbh iad e.

40 Air an aobhar sin an uair a thig Tighearn an fhìon-lios sin, ciod a ni e ris an tuath sin ?

41 Thubhairt iad ris, Sgrìosaidh e gu truagh na droch dhaoine sin, agus suidhichidh e am fion-lios air



tuath eile, a bheir a thoraidh dha 'nan aimsiribh fein.

42 Thubhairt Iosa riu, Nach do leugh sibh riamh anns na scriobtuiribh, A'chlach a dhiult na clachairean, rinneadh i 'na cloich-chinn na h-oisinn: 's e an Tighearn a rinn so, agus a ta e iongantach 'nar sùilibhne?

43 Uime sin a deirim ribh, Gu'n toirear rioghachd Dhé uaibhse, agus gu'n toirear do chinneach eile i, a bheir a toraidh uatha.

44 Agus ge b'e neach a thuiteas air a' chloich so, brisear e; ach ge b'e air an tuit i, ni i mìn luaithre dheth.

45 Agus an uair a chuala na h-ard shagairt agus na Phairisich a chosamhlachdasan, thuig iad gu'm b'ann umpa fein a labhair e.

46 Ach an uair bu mhiann leo breith air<sup>b</sup>, bha eagal a' phobuill orra, oir bha meas fàidh ac' airsan.

### C A I B. XXII.

1 *Cosamhlachd bainnse mhic an Rìgh.*

9 *Gairm nan Cinneach: 12 peanas an fhir a bha dh'uireasbhuidh truscain na bainnse. 15 Is còir cìs iocadh do Cheasar, &c.*

**A**GUS fhreagair Iosa, agus labhair e riu a ris an cosamhlachd-aibh, ag radh,

2 Is cosmhuil rioghachd nèimhe ri rìgh àraidh, a rinn banais phòsaidh d'a mhac fein,

3 Agus chuir e a sheirbhisich a ghairm na muinntir a fhuair cuireadh chum na bainnse: ach cha b'àill leosan teachd.

4 A ris chuir e d'an ionnsuidh seirbhisich eile, ag radh, Abruibhse ris a' mhuinntir d'an d'thugadh cuireadh, Feuch, dheasuich mi mo dhinneir: a ta mo dhaimh agus mo spréidh bhiadhta air am marbhadh, agus a ta na h-uile nithe ullamh: thigibh chum na bainnse.

5 Ach chuir iadsan an suatachas e, agus dh'imich iad rompa, fear dhiubh d'a fhearann, agus fear eile chum a cheannachd:

6 Agus rug a' chuid eile dhiubh air a sheirbhisich, agus thug iad mas-ladh dhoibh, agus mharbh siad iad.

7 Ach an uair a chual an rìgh so' ghabh e fearg; agus chuir e 'armailtean uaithe, agus sgrios e an luchd mortaidh sin, agus loisg e am baile-san.

8 An sin thubhairt e r'a sheirbhisich, Gu firinneach a ta a' bhanais ullamh, gidheadh an dream a fhuair cuireadh cha b'fhiu iad e.

9 Air an aobhar sin imichibhse gus na rathaidibh mòra, agus a lion daoine 's a gheibh sibh, cuiribh iad chum na bainnse.

10 Agus chaidh na seirbhisich sin a mach air na rathaidibh, agus chruinnich iad gach uile neach a fhuair iad, eadar olc agus mhaith: agus lìonadh tigh na bainnse le muinntir a shuidh chum bith.

11 Agus air dol a steach do'n rìgh a dh'fhaicinn nan aoidhean, chunnaic e an sin duine aig nach robh truscan na bainnse uime:

12 Agus thubhairt e ris, A charaid, cionnus a thainig thusa steach an so, gun truscan na bainnse umad? Ach dh'fhan esan 'na thosd.

13 An sin thubhairt an rìgh ris na seirbhisich, Air a cheangal duibh eadar chosan agus lamhan, togaibh libh e, agus tilgibh e anns an dorcha-das iomallach: an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal.

14 Oir a ta mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

15 An sin dh'imich na Phairisich, agus ghabh iad comhairle cionnus a dh'fheadadh iad esan a ribeadh<sup>c</sup> 'na chainnt.

16 Agus chuir iad d'a ionnsuidh an deisciobuil fein, maille ri luchd-leannmhuinn Heroid, ag radh, A mhaighstir, a ta fhios aguinn gu bheil thusa fìor, agus gu bheil thu teagasg slighe Dhé ann am firinn, agus nach 'eil suim agad do dhuine sam bith: oir cha 'n'eil thu ag àmharc air pear-saibhd dhaoine.

17 Uime sin innis dhuinne do bharail, Am bheil e ceaduichte cìs a thabhairt do Cheasar, no nach 'eil?

18 Ach air tuigsinn am mìoruin a dh' Iosa, thubhairt e, C'ar son a ta sibh ga m' bhuaireadh, a chealgairean?

<sup>b</sup> b'àill leo lamh a chur ann.

<sup>c</sup> ghlacadh.

<sup>d</sup> gnàis Gr.

19 Nochduibh dhomhsa airgid na cìse. Agus thug iad d'a ionnsuidh peghinn<sup>e</sup>.

20 Agus thubhairt e riu, Cia dha a bhuineas an dealbh so, agus an scriobhadh a ta m'a thimchioll?

21 Thubhairt iadsan ris, Do Cheasar. An sin thubhairt esan riu, Thug-aibh uime sin do Cheasar na nithe a's le Ceasar; agus do Dhia, na nithe a's le Dia.

22 Agus an uair a chual iad so, ghabh iad iongantas, agus dh'fhàg iad e, agus dh'imich iad rompa.

23 Air an là sin fein thainig d'a ionnsuidh na Sadusaich, a their nach 'eil aiseirigh ann, agus chuir iad ceisd air,

24 Ag radh, A mhaighstir, thubhairt Maois, Ma gheibh duine bàs gun chlann aige, gur còir d'a bhràthair a bheanas a phòsadh a dhlighe dàimhe, agus sliochd a thogail d'a bhràthair.

25 A nis bha seachdnar bhràithre 'nar measgne, agus air do'n cheud fhear dhiubh bean a phòsadh, fhuair e bàs, agus do bhrìgh nach robh sliochd aige, dh'fhàg e a bhean d'a bhràthair.

26 Agus thachair mar an ceudna do'n dara, agus do'n treas bràthair, gu ruig an seachdamh.

27 Agus 'nan déigh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

28 Air an aobhar sin anns an aiseirigh, cia do'n t-seachdnar d'am bean i? Oir bha i ac' uile.

29 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, A ta sibh air seacharanf, gun eòlas agaibh air na scriobtuiribh, no air cumhachd Dhé:

30 Oir anns an aiseirigh ni 'n dean iad pòsadh, ni mò a bheirear am pòsadh iad; ach a ta iad mar aingil Dhé air nèamh.

31 Ach mu thimchioll aiseirigh nam marbh, nach do leugh sibh an ni sin a labhradh ribh le Dia, ag radh,

32 Is mise Dia Abraham, agus Dia Isaac, agus Dia Iacoib? cha'n e Dia, Dia nam marbh, ach nam beo.

33 Agus an uair a chual am pobull so, ghabh iad iongantas r'a theagasg-san.

34 Ach an uair a chuala na Phairisich gu'n do chuir e na Sadusaich 'nan tosd, chruinnicheadh iad an ceann a chéile.

35 An sin chuir neach àraidh dhiubh, a b'fhear teagaisg an lagha, ceisd air, 'ga dhearbhadh, agus ag radh,

36 A mhaighstir, cia i an àithne a's mò san lagh?

37 Thubhairt Iosa ris, Gràdhuichidh tu an Tighearn do Dhia le d'uile chridhe, agus le d'uile anam, agus le d'uil' inntinn.

38 'Si so a' cheud àithne agus an àithne mhòr.

39 Agus is cosmhuil an dara rithe so, Gràdhuichidh tu do choimbearsnach mar thu fein.

40 Air an dà àithne so tha'n lagh uile, agus na fàidhean an crochadh.

41 Ach air do na Phairisich bhi cruinn an ceann a chéile, dh'fheòraich Iosa dhiubh,

42 Ag radh, Ciod i bhur barailse mu thimchioll Chrìosd? cò d'am mac e? thubhairt iadsan ris, Do Dhaibhi.

43 Thubhairt esan riu, Cionnus ma seadh a ghoireas Daibhi san spiorad a Thighearna dheth, ag radh,

44 Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn, Suidh air mo laimh dheis, agus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fuaidh d' chosaibh?

45 Air an aobhar sin ma ghoireas Daibhi a Thighearn dheth, cionnus is mac dha e?

46 Agus cha b'urrainn aon neach freagradh sam bith a thabhairt air; ni mò a bha chridh' aig aon neach o'n là sin suas ni air bith fheòraich dheth.

## C A I B. XXIII.

I A ta Crìosd a' comhairleach' a' phobuill éisdeachd ri deadh theagasg nan scriobhuichean, agus nam Phairiseach; ach gun an droch eistomplair a leantuinn: 5 Is còir d'a dheisciobluibh bhi air am fàicill an aghaidh an uabhair, &c.

A N sin labhair Iosa ris an t-sluagh, agus r'a dheisciobluibh fein,



2 Ag radh, Ata na scriobhuichean agus na Phairisich 'nan suidhe ann an caithir Mhaois.

3 Air an aobhar sin na h-uile nithe dh'iarras iad oibhs' a choimhead<sup>g</sup>, coimhidibh agus deanuibh iad; ach na deanuibh a réir an oibre: oir their iad, agus cha dean iad.

4 Oir ceanglaidh iad uallaiche<sup>h</sup> troma, agus do-iomchar, agus cuiridh siad iad air guailnibh dhaoine, gidh-cadh cha charuich iad fein iad le h-aon d'am meuraibh.

5 Ach an oibre uile a ta iad a' deanamh chum am bi air am faicinn le daoineibh: ni iad am philacteridh leathan, agus iomall an eudaich mòr;

6 Agus is ionmhuinn leo na ceud ionada-suidhe anns na féisdibh, agus na ceud chaithriche anns na coimhthionaluibh.

7 Agus fàilte *fhaghail* air na marg-aibh, agus daoine a ghairm Rabbi, Rabbi dhiubh.

8 Ach na goirear Rabbi dhibhse: oir is aon ard mhaighstir a ta aguibh, Criosd; agus is bràithre sibh fein uile.

9 Agus na goiribh bhur n-athair do dhuine sam bith air talamh: oir is aon Athair a ta aguibh, a ta air nèamh.

10 Cha mhò ghoirear ard mhaighstirean dhibh: oir is aon ard mhaighstir a ta aguibh, Criosd.

11 Ach an ti a's mò 'nar measg, bithidh e 'na òglach aguibh.

12 Agus ge b'e neach a dh'ar-duicheas e fein, islichear e; agus ge b'e neach a dh'islicheas e fein, ar-duichear e.

13 Ach is anaoibhinn dhuibhse, a scriobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean, do bhrìgh gu bheil sibh a' druidealh rioghachd nèimhe an aghaidh dhaoine: oir cha dtheid sibh fein a steach, agus cha'n fhulaing sibh do'n dream a ta dol a stigh dol ann.

14 Is anaoibhinn dhuibh, a scriobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean; oir a ta sibh ag itheadh suas

tighean bhantrach, agus air sgàth deadh choslais a' deanamh ùrnuighean fada; uime sin gheibh sibh an damnadh a's mò.

15 Is anaoibhinn dhuibh, a scriobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean; oir cuartichidh sibh muir agus tìr chum aon duine a dheanamh d'ar creidimh fein, agus an uair a bhitheas e deanta, ni sibh mac ifrinn dheth dà uair ni 's mò na sibh fein.

16 Is anaoibhinn dhuibh, a chinn-iuil dhalla, a their, Ge b'e duine a bheir mionnan air an teampull, cha ni air bith sin: ach ge b'e bheir mionnan air òr an teampull, a ta e ceangailte<sup>l</sup>.

17 Amadana, agus a dhaoine dalla! oir cò ac' is mò an t-òr, no an teampull a ta naomhachadh an òir?

18 Agus, Ge b'e bheir mionnan air an altair, cha'n 'eil suim ann: ach ge b'e bheir mionnan air an tiodhlac a ta oirre, a ta e ceangailte.

19 Amadana, agus a dhaoine daila! oir cò ac' is mò an tiodhlac, no'n altair a ta naomhachadh an tiodhlaic?

20 Air an aobhar sin ge b'e mhionnuicheas air an altair, a ta e a' mionnachadh oirre fein, agus air gach ni a ta oirre.

21 Agus ge b'e mhionnuicheas air an teampull, a ta e a' mionnachadh airsan, agus air an Tì a ta 'na chòmhnuidh ann.

22 Agus ge b'e neach a mhionnuicheas air nèamh, a ta e a' mionnachadh air rìgh-caithir Dhé, agus airsan a ta 'na shuidhe oirre.

23 Is anaoibhinn dhuibh, a scriobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean: oir a ta sibh a' tabhairt an deachaimh as a' mhionnt, agus an anise, agus a' chuimin, agus dhiobair sibh nithe cudthromach an lagha, cothrom, tràcair, agus firinn: bu chòir dhuibh iad so a dheanamh, agus gun iad sud fhàgail gun deanamh.

24 A chinn-iuil dhalla, a shìolaidheas<sup>m</sup> a' mhion-chuileag, agus a shluigeas an càmhail.

25 Is anaoibhinn dhuibh, a scriobhuichean

<sup>g</sup> ghleidheadh. <sup>h</sup> callacha. <sup>i</sup> a luchd-seòluidh, a threòraichean.

<sup>l</sup> fuidh fhiachaibh. <sup>m</sup> sgagas.

uichean agus Phairiseacha, a chealg-  
airean; oir glanuidh sibh an taobh a  
muigh do'n chupan, agus do'n mhèis,  
ach a ta iad an taobh a stigh làn do  
reubainn, agus do eucoir<sup>n</sup>.

26 Phairisich dhoill, glan air tùs  
an taobh a stigh do'n chupan agus  
do'n mhèis, chum as gu 'm bi an  
taobh a muigh dhiubh glan mar an  
ceudna.

27 Is anaobhinn dhuibh, a scrìobh-  
uichean agus Phairiseacha, a chealg-  
airean; oir is cosmhuil sibh ri uaigh-  
ibh gealuichte, a ta deadh-mhaiseach  
air an taobh a muigh, ach air an taobh  
a stigh a ta làn do chnàmhaibh dhaoine  
marbha, agus do'n uile shalachar.

28 Mar an ceudna a ta sibhse an  
leth a muigh am fianuis dhaoine an  
coslas fhìreana, ach san taobh a stigh  
làn ceilg, agus eusaontais.

29 Is anaobhinn dhuibh, a scrìobh-  
uichean agus Phairiseacha, a chealg-  
airean; oir a ta sibh a' togail àitean-  
adhlacaidh nam fàidh, agus a' dean-  
amh leac-lithidh nam firean deadh-  
mhaiseach,

30 Agus ag radh, Nam bitheamaid  
ann an laithibh ar n-aithriche, cha  
bhitheamaid compàirteach riu am fuil  
nam fàidh.

31 Mar sin a ta sibh 'nar fianuisibh  
'nar n-aghaidh fein, gur sibh clann  
na muinntir a mharbh na fàidhean.

32 Mar sin lhanuibhse suas tomhas  
bhur n-aithriche.

33 A nathraiche, a shìol nan nath-  
raiche nimhe, cionnus a dh'fheudar  
leibh dol as o dhamnadh ifrinn?

34 Air an aobhar sin feuch, cuir-  
eamsa d'ar ionnsuidh fàidhean, agus  
daoine glìce, agus scrìobhuichean; a-  
gus cuid dhiubh marbhaidh agus ceus-  
uidh sibh, agus cuid dhiubh sgiùrsaidh  
sibh ann bhur sionagogaibh, agus ni  
sibh geur-leanmhuinn orra o bhaile gu  
baile:

35 Chum as gu 'n dthig oirbh gach  
uile fhuil fhìreanta a dhòirteadh air  
an talamh, o fhuil Abeil fhìreanta,  
gu fuil Shachariais, mhic Bharachi-  
ais, a mharbh sibh eadar an teampull  
agus an altair.

36 Gu frinneach a deirim ribh,  
Gu'n dthig na nithese uile air a'  
ghinealach so.

37 A Ierusalem, a Ierusalem, a  
mharbhas na fàidhean, agus a ghabhas  
do chlachaibh air an droing a chuirear  
a t'ionnsuidh, cia minic a b'àill leam  
do chlann a chruinneachadh r'a chéile  
mar a chruinnicheas cearc a h-eoin  
fuidh a sgiathaibh, agus cha b'àill  
leibh!

38 Feuch, fàgar bhur tigh aguibh  
'na fhàsach.

39 Oir a deirimse ribh, nach faic  
sibh mise o so suas, gus an abair sibh,  
*Is beannuichte an Ti a thig ann an  
ainm an Tighearna.*

## C A I B. XXIV.

1 *A ta Criosd ag innscadh roimh-  
lainh sgrios Ierusalem: 3 creud  
iad agus cia mòr na trioblaidean a  
bhitheas roimhe sin: 29 comharan  
a theachd gu breitheanas, &c.*

**A**GUS chaidh Iosa mach, agus  
dh'imich e o'n teampull; agus  
thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh,  
a nochdadh dha aitreabh an team-  
puill.

2 Agus thubhairt Iosa riu, Nach  
faic sibh iad so uile? gu frinneach a  
deirim ribh, Nach fàgar clach air  
muin cloiche an so, nach tilgear sìos.

3 Agus air suidhe dha air sliabh  
nan crann-ola, thainig a dheisciobuil  
d'a ionnsuidh os ìosal<sup>o</sup>, ag radh, In-  
nis dhuinne, c'uin a thig na nithese  
gu crìch? agus ciod e comhara do  
theachdsa, agus deiridh an t-saogh-  
ail?

4 Agus fhreagair Iosa agus thu-  
bhairt, e riu, Thugaibh an aire nach  
meall aon neach sibh:

5 Oir thig mòran a'm' ainmse, ag  
radh, Is mise Criosd; agus meallaidh  
iad mòran.

6 Agus cluinidh sibh coganna, a-  
gus tuairisgeul<sup>p</sup> choganna: thugaibh  
an aire nach bi sibh fa amhludh<sup>r</sup>:  
oir is éigin do na nithibhse uile teachd  
gu crìch<sup>s</sup>, ach cha 'n'eil an deireadh  
ann fathast.

7 Oir éiridh cinneach an aghaidh

<sup>n</sup> dh'anabhara.<sup>o</sup> an uaign-dheas<sup>p</sup> iomradh.<sup>r</sup> bhuaireas.<sup>s</sup> tachairt.



cinnich, agus rioghachd an aghaidh rioghachd : agus bithidh gorta agus plaighean agus criothana talmhainn am mòran a dh'aitibh.

8 Agus cha 'n'eil annta so uile ach toiseach thruaighean.

9 An sin bheir iad thairis sibh chum àmhghair, agus marbhaidh iad sibh : agus bithidh fuath aig gach uile chinneach dhuibh air sgàth m'ainmese.

10 Agus an sin gabhaidh mòran oilbheum, agus brathaidh iad a chéile, agus bithidh fuath aca d'a chéile.

11 Agus éiridh mòran a dh'fhàidhibh bréige, agus mealluidh iad mòran.

12 Agus do bhrìgh gu'm bi an eucoir air a meudachadh, fuaruichidh gràdh mhòrain.

13 Ach ge b'e bhitheas seasmhach chum na criche, s'e so a shlànuichear.

14 Agus bithidh soisgeul so na rioghachd air a shearmonachadh air feadh an domhain uile, mar fhianuis do na h-uile chinneachaibh : agus an sin thig an deireadh.

15 Air an aobhar so an uair a chi sibhse gràinealachd an léir-sgrìos, air an do labhair Daniel ann fàidh, 'na seasamh ann an ionad naomha, (tuigeadh an ti a leughas)

16 An sin teicheadh iadsan a ta ann an Iudea, chum nam beann.

17 An ti a ta air mullach an tighe, na dthigeadh e nuas a thabhairt ni sam bith leis a's a thigh :

18 Agus an ti a ta air a' mhachair, na pilleadh e air ais a thogail fhalluinge leis.

19 Agus is anaoibhinn do na mnaibh torrach, agus dhoibhsan a bheir cìoch uatha sna laithibh sin.

20 Ach guidhibhse gun bhrìgh teicheadh a bhi sa' gheamhradh, no air an t-sàbaid :

21 Oir ànns an àm sin bithidh àmhghar mòr ann, amhuil nach robh ann o thùs an domhain gus a nis, agus nach mò a bhitheas a choidhch.

22 Agus mur biodh na laithean sin air an giorrachadh, cha bhiodh feoil sam bith air a tearnadh : ach air son nan daoine taghta bithidh na laithean sin air an giorrachadh.

23 An sin ma their aon duine ribh, Feuch, a ta Crìosd an so, no an sud ; na creidibh e :

24 Oir éiridh Crìosdan bréige, agus fàidhean bréige, agus ni iad comharan agus miorbhuilean mòra, ionnus gu mealladh iad, nam feudadh e bi, na daoine taghta fein.

25 Feuch, dh'innis mi dhuibh e roimh-làmh.

26 Uime sin ma their iad ribh, Feuch, a ta e san fhàsach, na rach-aibh a mach : feuch, a ta e sna seomraichibh uaigneach, na creidibh sin.

27 Oir a réir mar a thig an dealanach o'n aird an ear, agus a dhealruicheas i gus an aird an iar ; mar sin mar an ceudna bhitheas teachd Mhic an duine.

28 Oir ge b'e ball am bi a' chairbht, is ann an sin a chruinnichear na h-ìol-airean.

29 Air ball an déigh trioblaid nan là ud, dorchuichear a' ghrian, agus cha tabhair a' ghealach a solus, agus tuitidh na reultan o nèamh, agus bithidh cumhachda nan nèamh air an crathadh.

30 Agus an sin foillsichear comhara Mhic an duine an nèamh : agus an sin ni uile threubha na talmhainn bròn, agus chi iad Mac an duine a' teachd air neulaibh nèimhe, le cumhachd agus glòir ro mhòir.

31 Agus cuiridh e mach 'aingil le fuaim mhòir na galltruimp, agus cruinnichidh iad a shluagh taghta o na ceithir gaothaibh, o leth-iomall nèimhe gus an leth-iomall eile.

32 Ach fòghlumuibh cosamhlachd o'n chrann-fhìge : an uair a bhitheas a gheug a nis maoth, agus a dh'fhàsas an duilleach, aithnichidh sibh gur fagus an samhradh :

33 Agus mar an ceudna, an uair a chi sibhse na nithese uile, biodh fios agaibh gu bheil e am fagus, eadhon aig na dorsaibh.

34 Gu deimhin a deirim ribh, Nach dtheid an ginealach so fein thairis, gus an tachair na nithese uile.

35 Theid neamh agus talamh thairis, ach cha dtheid mo bhriathrasa thairis a choidhch.

36 Ach cha 'n'eil fios an là no na h-uaire sin aig duine air bith, no fòs aig ainglibh nèimhe, ach aig m'A-thairs' a mhàin.

57 Ach amhuil a bha laithean Noe, mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine.

38 Oir mar a bha iad anns na laithibh roimh 'n tuil ag itheadh agus ag òl, a' pòsadh agus a' tabhairt am pòsadh, gus an là an deachaidh Noe a steach san àirc,

59 Agus nach robh fhios aca gus an d'thainig an tuil, agus an do thog i leatha iad uile; mar sin mar an ceudna bithidh teachd Mhic an duine.

40 An sin bithidh dithis air a' mhachair; gabhar fear aca, agus fàgar am fear eile.

41 Bithidh dithis bhan a' meil-eadh<sup>u</sup> anns a' mhuileann; gabhar a h-aon aca, agus fàgar an aon eile<sup>a</sup>.

42 Uime sin deanuibhse faire, oir cha 'n'eil fhios agaibh cia an uair an dthig bhur Tighearna.

43 Ach a ta fhios so agaibh, nam b'fhiosrach fear an tighe cia an uair an d'thigeadh an gaduiche, gu'n deanadh e faire, agus nach fulaingeadh e gu'm bristeadh a thigh trid.

44 Uime sin bithibhse ullamh mar an ceudna: oir is ann an uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine.

45 Cò e ma seadh a ta 'na òglach firinneach agus glic, a chuir a Thighearn os cionn a mkuinntire, a thabhairt bìdh dhoibh 'na àm fein?

46 Is beannuichte an t-òglach sin, a gheibh a Thighearna ri àm dha teachd, a' deanamh mar sin.

47 Gu deimhin a deirim ribh, gu'n cuir se e os cionn a mhaoin gu h-iomlan.

48 Ach ma their an droch sheirbhiseach-ud 'na chridhe, A ta mo Thighearn a' cur dàil 'na theachd,

49 Agus ma thòisicheas e air a choimh-sheirbhisich a bhualadh, agus air itheadh agus òl maille ri luchd misge;

50 Thig Tighearn an òglaich sin ann an là nach 'eil sùil aige ris, agus ann an uair nach fios da,

51 Agus gearraidh e 'na bhloighdibh e, agus bheir e a chuibhrionn da maille ris na cealgairibh: an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal.

## C A I B. XXV.

*Far am bheil againn, 1 cosamhlachd nan deich òigh, 14 Agus nan talann:*

*31 mar an ceudna min-innseadh mu'n bhreitheanas dheireannach.*

**A**N sin samhluichear rioghachd nèimhe ri deich òighibh, a thug leo an lòchrain, agus a chaidh a mach an còdhail an fàir nuadh-phòsdab.

2 Agus bha cùigear dhiubh glic, agus cùigear amaideach.

5 Thug iadsan a bha amaideach an lòchrain leo, ach cha d'thug iad ola leo.

4 Ach iadsan a bha glic, thug iad ola leo 'nan soithichibh maille r'an lòchranaibh.

5 Agus air deanamh moille do'n fhear nuadh-phòsda, thuit clò codail orra uile, agus suain<sup>c</sup>.

6 Ach anns a' mheadhon-oidhche rinneadh glaoth, Feuch, a ta 'm fear nuadh-phòsda a' teachd, rachaibh a mach g'a choinneachadh.

7 An sin dh'èirich na h-òighean ud uile, agus dheasuich iad an lòchrain.

8 Agus thubhairt na h-òighean amaideach riusan a bha glic, Tabhairuibh dhuinne cuid do bhur n-ola; oir a ta ar lòchrain a' dol as.

9 Ach fhreagair iadsan a bha glic, ag radh, Air eagal nach bi na 's leoir ann dhuinn fein agus dhuibhse, gu ma fearr leibh d'ol a chum an luchd-reicidh, agus ceannuichibh dhuibh fein.

10 Agus am feadh a bha iad a' dol a cheannach, thainig am fear nuadh-phòsda, agus chaidh iadsan a bha ullamh a steach leis chum a' phòsaidh, agus dhruideadh an dorus.

11 'Na dhéigh sin thainig mar an ceudna na h-òighean eile, ag radh, A Thighearn, a Thighearn, fosgail dhuinne.

12 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, nach aithne dhomh sibh.

<sup>u</sup> bleath.    <sup>a</sup> an té eile.    <sup>b</sup> fhir-na-bainnse.    <sup>c</sup> rinn iad dàsal uile, agus choidil iad.



13 Deanaibh faire air an aobhar sin, do bhrìgh nach aithne dhuibh an la no an uair, air an dthig Mac an duine.

14 Oir is cosmhuil <sup>ed</sup> ri duine a' aol air choigrich, a ghoir a sheirbhisich, agus a thug dhoibh a mhaoin :

15 Agus do h-aon diubh thug e cùig talanna, agus do neach eile a dhà, agus do neach eile a h-aon ; do gach aon fa leth a réir a chomais ; agus air ball ghabh e a thurus.

16 Agus dh'imich esan a fhuair na cùig talanna, agus rinn e ceannachd leo, agus bhuannuich e cùig talanna eile.

17 Agus mar an ceudna esan a fhuair a dhà, bhuannuich e dithis eile.

18 Ach an ti a fhuair a h-aon, dh'imich e agus chladhaich e san talamh, agus dh'fholaich e airgiod a mhaighstir.

19 An déigh aimsir fhada thainig Tighearna nan seirbhiseach sin, agus rinn e cunntas riu.

20 Agus thainig esan a fhuair na cùig talanna, agus thug e leis cùig talanna eile, ag radh, A Thighearna, thug thu dhomhsa cùig talanna : feuch, bhuannuich mi cùig talanna eile thuilleadh orra.

21 Agus thubhairt a Thighearna ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich fhirinnich ; bha thusa firinneach ann am beagan, cuiridh mise os cionn mhòrain thu : imich a steach do aoibhneas do Thighearna.

22 Agus air teachd dhasan a fhuair an dà thalann, thubhairt e, A Thighearna, thug thu dhomhsa dà thalann : feuch, bhuannuich mi dà thalann eile thuilleadh orra.

23 Thubhairt a Thighearna ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich fhirinnich ; bha thusa firinneach ann am beagan do nithibh, cuiridh mise os cionn mòrain do nithibh thu : imich a steach do aoibhneas do Thighearna.

24 Ach an uair a thainig esan a fhuair an t-aon talann, thubhairt e, A Thighearna, bha fhios agam gur duine cruaidh thu, a bhuaineas san àite nach do chuir thu, agus a thion-  
alas san ionad anns nach do sgaoil thu :

25 Agus air dhomh bhi fuidh eag-al, chaidh mi agus dh'fholaich mi do thalann san talamh : feuch, sin agad do chuid fein.

26 Fhreagair a Thighearna agus thubhairt e ris, A sheirbhisich uile agus leisg, bha fhios agad gu buain-inse san àit anns nach do chuir mi, agus gu tionalam as an ionad anns nach do sgaoil mi ;

27 Bu chòir dhuit uime sin m'airgiod a thabhairt do'n luchd malairt, agus air dhomh teachd gheibhinn mo chuid fein maille r'a riadh.

28 Buinibh uaith uime sin an talann, agus thugaibh dhasan e, aig am bheil na deich talanna.

29 (Oir do gach neach aig am bheil bheirear, agus bithidh aige gu pailt : ach uaithsan aig nach 'eil, bheirear eadhon an ni sin a ta aige)

30 Agus tilgibh an seirbhiseach mi-tharbhach so do dhorchadas iomallach : an sin bithidh gul agus glòsg-an fhiacal.

31 An uair a thig Mac an duine 'na ghlòir, agus na h-aingil naomha uile maille ris, an sin suidhidh e air caithir rìoghail a ghlòire.

32 Agus cruinnichear 'na làthair na h-uile chinnich ; agus sgaraidh e iad o chéile, amhuil a sgaras<sup>e</sup> buachaill na caoraich o na gabhraibh :

33 Agus cuiridh e na caoraich air a laimh dheis, ach na gabhair air a laimh chli.

34 An sin their an Rìgh rìusan air a dheis, Thigibh, a dhaoine bean-  
nuichte m' Atharsa, sealbhuichibh mar oighreachd an rioghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bun-aitean an domhain :

35 Oir bha mi ocrach, agus thug sibh dhomh biadh : bha mi tartmhor<sup>f</sup>, agus thug sibh dhomh deoch : bha mi a'm' choigreach, agus thug sibh aoidheachd dhomh :

36 Lomnochd, agus dh'eudaich sibh mi : bha mi euslan, agus thainig sibh g'am amhare : bha mi am prìosun, agus thainig sibh a m' ionnsuidh.

37 An sin freagraidh na fireana e, ag radh, A Thighearna, c'uin a chunnaic sinn ocrach thu, agus a

bheathaich sinn thu? no tartmhor, agus a thug sinn deoch dhuit?

38 No c'uin a chunnaic sinn a'd' choigreach thu, agus a thug sinn aoidheachd dhuit? no lomnochd, agus a dh'eudaich sinn thu?

39 No c'uin a chunnaic sinn euslan thu, no am prìosun, agus a thainig sinn a t' ionnsuidh?

40 Agus freagraidh an Rìgh, agus their e riu, Gu deimhin a deirim ribh, a mheud 's gu'n do rinn sibh e do h-aon do na bràithribh a's lugha agamsa, rinn sibh dhomhsa e.

41 An sin their e mar an ceudna rìusan air an laimh chli, Imichibh uam, a shluagh malluichte, dh'ionnsuidh an teine shiorruidh, a dh'ulluicheadh do'n diabol agus d'a ainglibh:

42 Oir bha mi ocrach, agus cha d'thug sibh dhomh biadh: bha mi tartmhor, agus cha d'thug sibh dhomh deoch:

43 Bha mi a'm' choigreach, agus cha d'thug sibh aoidheachd dhomh: lomnochd, agus cha d'eudaich sibh mi: euslan, agus am prìosun, agus cha d'thainig sibh g'am amharc.

44 An sin freagraidh iadsan mar an ceudna e, ag radh, A Thighearna, c'uin a chunnaic sinne thu ocrach, no tartmhor, no d' choigreach, no lomnochd, no euslan, no am prìosun, agus nach do fhritheil sinn dhuit?

45 An sin freagraidh esan iad, ag radh, Gu deimhin a deirim ribh, a mheud 's nach d'rinn sibh e do'n neach a's lugha dhiubh so, cha d'rinn sibh dhomhsa e.

46 Agus imichidh iadsan chum peanaid shiorruidh; ach na fìreana chum na beatha maireannaich.

## C A I B. XXVI.

*Far am bheil air an cur sìos, 1 comhairle agus ceannairc nan uachdaran an aghaidh Chrìosd. 6 A ta bean ag ungadh a chinn: 14 Iudas 'ga reiceadh. 17 A ta Crìosd ag ìth-eadh na càisge: 26 ag orduchadh a shuipèir naomha, &c.*

**A** GUS tharladh, 'nuair a chrìochnaich Iosa na briathra so uile, gu'n dubhairt e r'a dheisciobluibh,

2 A ta fhios agaibh gu'm bheil a' chàisg an déigh dà latha, agus a ta Mac an duine air a bhrath chum a cheusadh<sup>8</sup>.

3 An sin chruinnich uachdaran nan sagart, agus na sgrìobhuichean, agus seanairean a' phobuill, gu talla an ard shagairt, d'an goirear Caiaphas,

4 Agus ghabh iad comhairle le chèile chum Iosa a ghlacadh le feall, agus a chur gu bàs.

5 Ach thubhairt iad, Na deanamaid e san fhéist, air eagal gu'm bi buaireas an measg a' phobuill.

6 Agus air do Iosa a bhi ann am Betani, ann an tigh Shimoin an lobhair,

7 Thainig bean d'a ionnsuidh aig an robh bocsa alabastair làn a dh'ola ro luach-mhoir, agus dhòirt i air a cheann e, agus e 'na shuidhe aig biadh.

8 Ach an uair a chunnaic a dheisciobuil *sìn*, bha fearg orra, ag radh, Ciod is ciall do'n ana-caitheadh so?

9 Oir dh'fheudadh an ola so bhi air a reiceadh air mhòran, agus a bhi air a tabhairt do na bochdaibh.

10 Ach air aithneachadh so do Iosa, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh a' cur dragha air a' mhnaoi? oir rinn i deadh obair dhomhsa.

11 Oir a ta na bochdan agaibh a ghnàth maille ribh, ach cha 'n'eil mise agaibh a ghnàth.

12 Oir air dòrtadh na h-olasa dh'i air mo corp, is ann fa chomhair m'adhlaid a rinn i e.

13 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e àit am bi an soisgeuls' air a shearmonachadh air feadh an t-saoghail gu h-iomlan, aithrisear an ni a rinn a' bhean so, mar chumhne oirre.

14 An sin dh'imich aon do'n dà fhear dheug, d'am b'ainm Iudas Iscariot, chum nan ard shagart.

15 Agus thubhairt e, Ciod a bheir sibh dhomhsa, agus brathaidh mi dhiubh e? Agus choird iad ris air dheich buinn fhichead airgid.

16 Agus o'n àm sin a mach dh'iarr e fàth h air esan a bhrath.

17 Agus air a' cheud là dh'fhéist



an arain neo-ghoirichte, thainig na deisciobuil chum Iosa, ag radh ris, C'ait an àill leat sinne a dh'ulluchadh dhuit, chum as gu'n ith thu a' chaisg?

18 Agus thubhairt esan, Rachaibh do'n bhaile gu leithid so do dhuine, agus abraibh ris, Tha am maighstir ag radh, A ta m'am am fagus, cumaidh mi a' chàisg aig do thighsa maille ri m' dheiscioblubh.

19 Agus rinn na deisciobuil mar a dh'orduich Iosa dhoibh, agus dheas- uich iad a' chàisg.

20 Agus an uair a thainig am feasgar, shuidh e maille ris an dà fhear dheug.

21 Agus ag itheadh dhoibh, thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, gu' m brath fear dhibh mise.

22 Agus air dhoibh bhi ro bhrònach, thòisich gach aon aca fa leth air a radh ris, Am mise e, a Thighearna?

23 Agus fhreagair esan agus thubhairt e, An ti a thumas a lamh sa' mhèis maille riumsa, brathaidh esan mi.

24 Gu deimhin a ta Mac an duine ag imeachd, a réir mar a ta e scriobhta m'a thimchioll: ach is anaoibhinn do'n duine sin, le 'm brathar Mac an duine: bu mhaith do'n duine sin, mur beirte riamh e.

25 An sin fhreagair Iudas a bhrath e, agus thubhairt e, A mhaighstir, am mise e? Thubhairt esan ris, Thubhairt thu.

26 Agus ag itheadh dhoibh, ghlac Iosa aran, agus air tabhairt buidheachais, bhris se e i, agus thug e do na deiscioblubhe, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh; 's e so mo chorp sa.

27 Agus air glacadh a' chupain, agus air tabhairt buidheachais, thug e dhoibh e, ag radh, Oluibh uile deth.

28 Oir is i so m'fhuilse na tiomna<sup>l</sup> nuaidh, a dhòirtear airson mhòrain chum maitheanais pheacanna.

29 Ach a deirim ribh, Nach òl mi a so suas do thoradh so na fionain<sup>m</sup>, gus an la sin an òl mi e nuadh maille ribh ann an rioghachd m' Athar.

30 Agus air dhoibh laoidh a sheinn,

chaidh iad a mach gu sliabh nan crann-ola.

31 An sin thubhairt Iosa riu, Gheibh sibh uile oibheum annams' an nochd; oir a ta e scriobhta, Buailidh mi am buachaille, agus sgapar caoraich an treuda.

32 Ach an déigh dhomhsa éirigh a ris, theid mi roimhibh do Ghalile.

33 Agus fhreagair Peadar agus thubhairt e ris, Ged gheibh gach uile dhaoine oibheum annad, cha'n fhaigh mise oibheum gu bràth,

34 Thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a deirim riut, air an oidhche so fein mu'n goir an coileach, gu'n àicheadh thu mi tri uairean.

35 Thubhairt Peadar ris, Ged a b'éigin dhomh bàsachadh maille riut, cha'n àicheadh mi thu. Agus thubhairt na deisciobuil uile mar an ceudna.

36 An sin thainig Iosa maille riu gu ionad d'an goirear Getsemane, agus thubhairt e ris na deiscioblubh, Suidhibhs' an so, gus an dtheid mise a dheanamh ùrnuigh an sud.

37 Agus thug e Peadar leis, agus dithis mhac Shebede, agus thòisich e air a bhi brònach, agus ro dhoilgheasach.

38 An sin thubhairt e riu, A ta m'anam ro bhrònach, eadhon gu bàs: fanuibhs' an so, agus deanaibh faire maille riumsa.

39 Agus dh'imich e beagan air adhart<sup>n</sup>, agus thuit e air 'aghaidh, a' deanamh ùrnuigh, agus ag radh, O m' Athair, ma dh'fheudas e bhi, rachadh an cupansa seachad orm: gidheadh, na biodh e mar is aill leamsa, ach mar is toil leatsa.

40 Agus thainig e chum nan deisciobul, agus fhuair e 'nan còdal iad, agus thubhairt e ri Peadar, An ann mar sin, nach b' urradh sibh faire a dheanamh aon uair a mha'n maille riumsa?

41 Deanaibh faire agus ùrnuigh, chum as nach tuit sibh am buaireadh: a ta gun amharus an spiorad togarach; ach a ta 'n fheoil anmhunn<sup>o</sup>.

42 A ris an dara uair, dh'imich e

agus rinn e ùrnuigh, ag radh, O m' Athair, mur feudar gu'n dtheid an cupan so seachad orm, gun mi 'ga òl, do thoilsa gu robh deanta.

43 Agus thaning e agus fhuair e iad a ris 'nan codal: oir bha an sùilean trom.

44 Agus dh'fhàg e iad, agus dh'imich e a ris, agus rinn e ùrnuigh an treas uair, ag radh nam briathra ceudna.

45 An sin thainig e chum a dheisciobul, agus thubhairt e riu, Coidlibh roimhibh a nis, agus gabhaibh fois; feuch, a ta 'n uair air druidealh, agus a ta Mac an duine air a bhrath thairis do lamhaibh pheacach.

46 Eiribh, imicheamaid: feuch, a ta 'n ti a bhrathas mise 'm fagus.

47 Agus air dha bhi fathast a' labhairt, feuch, thainig Iudas, aon do'n dà fhear dheug, agus maille ris cuideachd mhòr le cloidhibh agus bataibh o na h-ard shagartaibh agus o sheanairibh a' phobuill.

48 A nis bha an ti a bhrath esan air tabhairt comharaidh dhoibh, ag radh, Ge b'e neach a phògas mise, 's e sin e; deanaibh greim air.

49 Agus air ball thainig e chum Iosa, agus thubhairt e, Fàilte dhuit, a mhaighstir; agus phòg se e.

50 Ach thubhairt Iosa ris, A charaid, c'ar son a thainig thu? An sin thainig iad, agus chuir iad lamh ann an Iosa, agus ghlac iad e.

51 Agus feuch, shìn a h-aon diubhsan a bha maille ri Iosa a lamh, agus tharruing e a chlaidheamh, agus air dha seirbhiseach an ard shagairt a bhualadh, ghearr e a chluas dheth.

52 An sin thubhairt Iosa ris, Cuir a ris do chlaidheamh air ais 'na ionad fein: oir iadsan uile a ghlacas an claidheamh tuitidh iad leis a' chlaidheamh.

53 An saoil thusa nach feud mise a nis m' Athair a ghuidheadh, agus bheir e dhomh tuilleadh is dà legion deug a dh'ainglibh?

54 Ach cionnus an sin bhiodh na scriobtuirean air an coimhlionadh, a tha 'g radh gur ann mar so is éigin tachairt?

55 Anns an uair sin fein thubhairt Iosa ris an t-sluagh, An d'thainig

sibh a mach mar gu b'ann an aghaidh gaduiche le cloidhibh agus bataibh chum mise a ghlacadh? Bha mi gach la a'm' shuidhe maille ribh san teampull a' teagasg, agus cha do chuir sibh lamh annam.

56 Ach thachair so uile, chum gu'm biodh scriobtuire nam fàidh air an coimhlionadh. An sin thréig na deisciobuil uil' e, agus theich iad.

57 Agus air dhoibhsan Iosa a ghlacadh, thug iad leo e gu Caiaphas an t-ard shagart, far an robh na sriobhuichean agus na seanairean air cruinneachadh.

58 Ach lean Peadar e fad uatha, eadhon gu talla an ard shagairt, agus chaidh e steach, agus shuidh e maille ris na seirbhisich a dh'fhaicinn na crìche.

59 Agus dh'iarr na h-ard shagartan agus na seanairean, agus a' chomhairle uile, fianuis bhréige an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs.

60 Ach cha d' fhuair iad: seadh, ged a thainig mòran a dh'fhianuisibh bréige, cha d' fhuair iad. Fa dheoidh thainig dà fhianuis bhréige,

61 Agus thubhairt iad, Thubhairt am fear so, Is urradh mise teampull Dé a leagadh, agus a thogail a ris an tri laithibh.

62 Agus air do'n ard shagairt éirigh, thubhairt e ris, Nach freagair thu bheag? Ciod e a ta iad sin a' fianuiseadh a'd' aghaidh?

63 Ach dh'fhan Iosa 'na thosd. Agus fhreagair an t-ard shagart agus thubhairt e ris, A ta mi ga d' mhionnachadh air an Dia bheo, gu 'n innseadh tu dhuinn, an tu Criosd Mac Dhé.

64 Thubhairt Iosa ris, Thubhairt thu: gidheadh a deirim ribh, 'Na dhéigh so chi sibh Mac an duine 'na shuidhe air deas laimh cumhachd Dhé, agus a' teachd air neulaibh nèimhe.

65 An sin reub an t-ard shagart 'eudach, ag radh, Gu 'n do labhair e toibheum; ciod am feum tuilleadh a ta againn air fianuisibh? feuch, a nis chuala sibh a thoibheum.

66 Ciod i bhur barails'? Fhreagair iadsan agus thubhairt iad, A ta e toillteanach air a' bhàs.



67 An sin thilg iad smugaid 'na eudan, agus bhuail iad le 'm basaibh e; agus ghabh cuid eile air le slataibh,

68 Ag radh, Dean fàidheadoir-eachd<sup>p</sup> dhuinn, a Chrìosd, cò e a bhuail thu?

69 Agus shuidh Peadar a mach anns an talla: agus thainig cailin à-raidh d'a ionnsuidh, ag radh, Bha thusa mar an ceudna maille ri h-Iosa o Ghilile.

70 Ach dh'àicheadh esan 'nan làthair uile, ag radh, Cha 'n'eil fhios agam ciod a ta thu 'g radh.

71 Agus air dol a mach dha do'n fhor-dhorus, chunnaic cailin eile e, agus thubhairt i rìusan a bha 'n sin, Bha 'm fear so mar an ceudna maille ri h-Iosa o Nasaret.

72 Agus dh'àicheadh e a rìs le mionnaibh, ag radh, Cha'n aithne dhomh an duine.

73 Agus tamull beag 'na dhéigh sin thainig an dream a bha 'nan seasamh a làthair, agus thubhairt iad ri Peadar, Gu frinneach is ann diubh sud fein thusa: oir a ta do chainnt ga d' bhrath.

74 An sin thòisich e ri mallachadh agus mionnachadh, ag radh, Cha'n aithne dhomh an duine. Agus air ball ghoir an coileach.

75 Agus chuimhnich Peadar briathran Iosa, a thubhairt ris, Mu'n goir an coileach, àicheadhaidh tu mi tri uairean. Agus air dol a mach dha, ghuil e gu geur<sup>r</sup>.

### C A I B. XXVII.

1 A ta Crìosd air a thoirt thairis ceangailte do Philat. 3 Chroch Iudas e fein. 19 A ta Pilat a' faotainn rabhaidh o mhnaoi, 24 ag ionnlad a lamh, 26 a' leigeadh Bharabais fa sgaoil: 29 Ta Crìosd air a chrùnadh le droighionn, 34 air a cheusadh, &c.

**A**IR teachd do'n mhaduinn, ghabh uachdarain nan sagart uile, agus seanairean a' phobuill, comhairle le chéile an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs.

2 Agus air dhoibh esan a cheangal, thug iad leo e, agus thug iad

thairis e do Phontius Pilat an t-uachdaran.

3 An sin an uair a chunnaic Iudas a bhrath e, gu'n do dhìtheadh e, ghabh e aithreachas, agus thug e air an ais na deich buinn fhichead airgid do na h-ard shagartaibh, agus do na seanaireibh,

4 Ag radh, Pheacuich mi, ann am brath na fola neo-chiontaich. Ach thubhairt iadsan, Ciod e sin duinne? amhairc thusa air sin.

5 Agus air tilgeadh uaith nam bonn airgid anns an teampu'l, dh'imich e roimhe, agus chaidh e agus chroch<sup>s</sup> se e fein.

6 Agus ghlac na h-ard shagairt na buinn airgid, agus thubhairt iad, Cha chòir an cur san ionmhas, oir is luach fola iad.

7 Agus air gabhail comhairle dhoibh, cheannuich iad leo fearann a' chriadhaidh<sup>t</sup>, chum a bhi 'na àit-adhlaic do choigreachaibh.

8 Air an aobhar sin goirear do'n fhearann sin, Fearann na fola, gus an là'n diugh.

9 (An sin choimhlionadh an ni a thubhradh le Ieremias am fàidh, ag radh, Agus ghabh iad na deich buinn fhichead airgid, luach an ti a mheasadh, neach a mheas iadsan a bha do chloinn Israeil:

10 Agus thug siad iad air son fearainn a' chriadhaidh, mar a dh'orduich an Tighearna dhomhsa)

11 Agus sheas Iosa an làthair an uachdarain: agus dh'fhiosruich an t-uachdaran dheth, ag radh, An tusa Rìgh nan Iudhach? Agus thubhairt Iosa ris, Thubhairt thu.

12 Agus an uair a chuir na h-ard shagairt agus na seanairean cionta as a leth, cha do fhreagair e ni sam bith.

13 An sin thubhairt Pilat ris, Nach cluinn thu cia lìon nìthe air am bheil iad a' toirt fianuis a'd' aghaidh?

14 Agus cha d'thug e freagradh dha air aon fhocal, ionnus gu'n do ghabh an t-uachdaran sìogantas ro mhòr.

15 A nis ri àm na fèisde chleachd

an t-uachdaran aon phriosunach a b'àill leo chur fa sgaoil do'n phobull.

16 Agus bha aca san àm sin prìosunach ro chomharaichte, d'am b'ainm Barabas.

17 Air an aobhar sin an uair a bha iad cruinn an ceann a chèile, thubhairt Pilat riu, Cò is àill leibh mise a chur fa sgaoil duibh? Barabas, no Iosa, d'an goirear Criosd?

18 Oir bha fhios aige 'gu'm b'ann o fharmaid, a thug iad thairis e.

19 Agus an uair a bha e 'nashuidhe air caithir a' bhreitheanais, chuir a bhean *teachdaireachd* d'a ionnsuidh, ag radh, Na biodh agadsa gnothuch sam bith ris an fhìrean<sup>u</sup> sin: oir is mòr a dh'fhulaing mise an diugh ann am brudair, air a shonsan.

20 Ach chuir na h-ard shagairt agus na seanairean impidh air a' phobull gu'n iarradh iad Barabas, agus gu milleadh iad Iosa.

21 Agus fhreagair an t-uachdaran agus thubhairt e riu, Cò do'n dithis is àill leibh mise a chur fa sgaoil duibh? Thubhairt iadsan, Barabas.

22 Thubhairt Pilat riu, Ciod ma seadh a nì mi ri h-Iosa, d'an goirear Criosd? Thubhairt iad ris uile, Ceusar e.

23 Agus thubhairt an t-uachdaran, C'ar son? ciod an t-olc a rinn e? ach is mò gu mòr a ghlaodh iadsan, ag radh, Ceusar e.

24 Agus an uair a chunnaic Pilat nach do bhuadhuich e bheag sam bith, ach gu'n d'éirich an tuilleadh buair-eis, air dha uisge a ghabhail, dh'ionnlaid e a lamhan am fianuis an t-sluaigh, ag radh, A ta mi seneo-chiontach a dh'fhuil an fhìrein so: faicibhse sin.

25 Agus fhreagair am pobull uile, agus thubhairt iad, Biodh fhuil oirne, agus air ar cloinn.

26 An sin leig e fa sgaoil Barabas dhoibh: ach air dha Iosa a sgiursadh, thug e thairis e chum a cheusadh.

27 An sin thug saighdearan an uachdarain leo Iosa do thalla a' bhreitheanais, agus chruinnich iad a' bhuidheann uile m'a thimchioll.

28 Agus air dhoibh a rùsgadh<sup>a</sup>, chuir iad uime falluing scarlaid.

29 Agus air dhoibh crùn dhroigh-inn fhigheadh, chuir iad m'a cheann e, agus slat chuilece 'na laimh dheis: agus 'a lùbadh an glùn 'na làthair, rinn iad fanoid air, ag radh, Gu'm beannuichear thu, a Rìgh nan Iudhach.

30 Agus thilg iad smugaid air, agus ghlac iad an t-slat chuilece, agus bhuail iad sa' cheann e.

31 Agus an déigh dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad an fhalluing dheth, agus chuir iad 'eudach fein uime, agus thug iad leo e chum a cheusadh.

32 Agus an uair a chaidh iad a mach, fhuair iad duine o Chirene, d'am b'ainm Simon; esan dh'éignich iad chum a chrann-ceusaidhsan a ghiùlan.

33 Agus an uair a thainig iad gu ionad d'an ainm Golgota, sin r'a radh, àite cloiginn,

34 Thug iad dha r'a òl fion geur, measgta le domblas: agus air dha a bhlasadh, cha'n òladh se e.

35 Agus an uair a cheus iad e, roinn iad a thruscan eatorra, a' tilgeadh crannchuir: chum gu'n coimhliontadh an nì a thubhradh leis an fhàidh, Roinn iad m' eudach eatorra, agus chuir iad crannchur air mo bhrat.

36 Agus air suidhe dhoibh, rinn iad faire air an sin:

37 Agus chuir iad a chùis-dhèidh sgrìobhta os a chionn, IS E SO IOSA RÌGH NAN IUDHACH.

38 An sin cheusadh maille ris dà ghaduiche<sup>b</sup>; fear air a laimh dheis, agus fear eile air a laimh chli.

39 Agus thug iadsan a bha dol seachad toibheum dha, a' crathadh an ceann,

40 Agus ag radh, Thusa a leagas an teampull, agus a chuireas suas an trì laithibh e, fòir ort fein: ma's tu Mac Dhé, thig a nuas o'n chrann-cheusaidh.

41 Mar an ceudna thubhairt na h-ard shagairt, maille ris na sgrìobhuichibh, agus na seanairibh, a' fanoid air,

<sup>u</sup> ionracan. <sup>a</sup> eudach a thoirt dheth.

<sup>b</sup> dà fhear-reubainn, dà chreachadair.



42 Shaor e daoin' eile, e fein a shaoradh ni 'n comasach e: ma 's e Rìgh Israel, thigeadh e nis a nuas o'n chrann-cheusaidh, agus creididh sinn e.

43 Chuir e dhòigh an Dia; saoradh e a nis e, ma ta toil aige dha: oir thubhairt e, Is mise Mac Dhé.

44 Agus thug n: gaduichean a cheusadh maille ris, am beum ceudna dha.

45 A nis o'n t-seathadh uair bha dorchadas air an tìr uile gus an naothadh uair.

46 Agus mu thimchioll na naothadh uaire dh'éigh Iosa le guth ard, ag radh, Eli, eli, lama sabachtani? 's e sin r'a radh, Mo Dhia, mo Dhia, ar son a thréig thu mi? .

47 Agus air cluinntinn sin do chuid diubhsan a bha 'nan seasamh an sin, thubhairt iad, A ta 'm fear so glaothaich air Elias.

48 Agus air ball ruith a h-aon diubh, agus ghabh e spong, agus lìon e do fhion geur i, agus air dha a cur air slait chuilce, thug e dha r'a òl.

49 Ach thubhairt càch, Leig dha, faiceamaid an dthig Elias g'a thearadh.

50 Agus an uair a dh'éigh Iosa a ris le glaoth mòr, thug e suas aspiorad.

51 Agus feuch, reubadh brat-roinn an teampuill 'na dhà chuid, o mhullach gu ìochdar; agus chrìochnuich an talamh, agus sgoilteadh na creagan,

52 Agus dh'fhosglaigh na h-uaigh-ean, agus dh'éirich mòran do chorp-aibh nan naomh, a bha 'nan codal,

53 Agus chaidh iad a mach as na h-uaighibh an déigh aiseirighsan, agus chaidh iad a steach do'n bhaile naomha, agus nochdadh iad do mhòran.

54 A nis an uair a chunnaic an ceannard-ceud, agus iadsan a bha maille ris a' coimhead<sup>c</sup> Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithe eile a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, ag radh, Gu fìrinneach b'e so Mac Dhé.

55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad,) a lean Iosa o Ghalile, a' frithealadh dha:

56 Am measg an robh Muire Mag-

dalen, agus Muire màthair Sheumais agus Ioses, agus màthair cloinne Shebede.

57 Agus air teachd do'n fheasgar, thainig duine saibhir o Arimatea, d'am b'ainm Ioseph, a bha e fein 'na dheisciobul aig Iosa mar an ceudna:

58 Chaidh esan gu Pilat, agus dh'iarr e corp Iosa: an sin dh'àithn Pilat an corp a thabhairt da.

59 Agus ghlac Ioseph an corp, agus phaisg e ann an lìon-eudach fìorghlan e,

60 Agus chuir se e 'na uaigh nuadh fein, a chladhaich e ann an carruig: Agus charuich e clach mhòr gu dorus na h-uaighe, agus dh'imich e roimhe.

61 Agus bha Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile 'nan suidhe fa chomhair na h-uaighe.

62 A nis air an la màireach, an la'n déigh an ullchaidh, chruinnich eadh na h-ard shagairt agus na Phairisich gu Pilat,

63 Ag radh, A thighearn, is cuimhne leinn an uair a bha am mealltair ud fathast beo, gu'n dubhairt e, Eiridh mi'n déigh thri laithean.

64 Orduich uime sin an uaigh a bhi air a coimhead gu cinnteach gus an treas la, air eagal gu'n dthig a dheisciobuil san oidhche, agus gu 'n goid iad leo e, agus gu 'n abair iad ris an t-sluagh, Dh'éirich e o na marbhaibh: agus mar sin bìthidh am mearachd deireannach ni 's miosa na'n ceud mhearachd.

65 Thubhairt Pilat riu, Tha faire agaibh; imichibh, deanaibh an uaigh co tearuinte 's is aithne dhuibh.

66 Agus dh'imich iad agus rinn iad an uaigh cinnteach, a' cur seula air a' chloich, maille ri faire.

## C A I B. XXVIII.

1 Ta aiseirigh Chrìosd air a cur an cèill do na ninaibh: 9 nochd Crìosd e fein doibh; 11 thug na h-ard shagairt airgid do na saighdearaibh chum gu'n abradh iad gu'n do ghoideadh as uaigh e, &c.

A N déigh na sàbaid, aig briseadh na faire air a cheud là do'n

t-seachduin, thainig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaihe.

2 Agus feuch, bha crith-thalmhainn mhòr ann; oir thainig aingeal an Tighearna nuas o nèamh, agus air teachd dha charuich e a' chlach o'n dorus, agus shuidh e oirre.

3 Agus bha a' ghnùismar dhealanach, agus eudach geal mar shneachda.

4 Agus air eagal roimhe chrìoth-nuich an luchd coimhid, agus chaidh iad an riochd mairbh.

5 Ach fhreagair an t-aingeal agus thubhairt e ris na mnaihbh, Na biodh eagal oirbhe: oir a ta fhios agam gu bheil sibh ag iarraidh Iosa, a chaidh cheusadh.

6 Cha 'n'eil e 'n so; oir dh'éirich e, mar a thubhairt e: thigibh, faicibh an t-àit an robh an Tighearna 'na luidhe.

7 Agus imichibh gu luath, agus inn-sibh d'a dheiscioblubh gu'n d'éirich e o na marbhaibh: agus feuch, tha e dol roimhibh do Ghalile, an sin chi sibh e, feuch, thubhairt mise ribh e.

8 Agus dh'imich iad gu luath o'n uaigh, le h-eagal agus mòr ghairdeachas, agus ruith iad a dh'innseadh d'a dheiscioblubh.

9 Agus ag imeachd dhoibh-san a dh'innseadh d'a dheiscioblubh, feuch, thachair Iosa fein orra, ag radh, Fàilte dhuibh. Agus thainig iad am fagus da, agus rug iad air a chosaibh, agus thug iad urram dha<sup>e</sup>.

10 An sin thubhairt Iosa riu, Na biodh eagal oirbh: imichibh, abraibh ri m' bràithribh iadsan a dhol do Ghalile, agus an sin chi iad mi.

11 Agus an uair a bha iadsan ag

imeachd, feuch, thainig cuid do'n luchd faire do'n bhaile, agus nochd iad do na h-ard shagartaibh gach ni a thachair.

12 Agus air cruinneachadh dhoibh-san an ceann a chèile maille ris na seanairibh, agus air gabhail comhairle dhoibh, thug iad mòran airgid do na saighdearaibh,

13 Ag radh, Abraibhse gu'n d'thainig a dheisciobuil anns an oidhe, agus gu'n do ghoid iad e, an uair a bha sinne 'nar codal.

14 Agus ma chluinneas an t-uachdaran so, cuiridh sinne impidh air, agus ni sinn sibhse tearuinte.

15 Agus ghabh iad an t-airgiod, agus rinn iad mar a theagaisgeadh dhoibh: agus a ta a' chainnt so air a h-aithris am measg nan Iudhach gus an là'n diugh.

16 An sin chaidh an t-aon deisciobul deug do Ghalile, do'n bheinn far an d'orduich Iosa dhoibh.

17 Agus an uair a chunnaic iad e, thug iad urram dha<sup>e</sup>: ach bha cuid aca fa amharus.

18 Thainig Iosa, agus labhair e riu, ag radh, Thugadh dhomhsa gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh.

19 Uime sin imichibhse, agus dean-aibh deisciobuil do f' gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naomh:

20 A teagasg dhoibh gach uile nithe a dh'àithn mise dhuibh a choimhead: Agus feuch, a ta mise maille ribh a ghnàth, gu deireadh an t-saoghail. Amen.

## AN SOISGEUL A' REIR MHARCUIS.

### C A I B. I.

1 Dreuchd & Eoin Bhaide. 9 A ta Iosa air a bhaisteadh: 14 A ta e searmonachadh; 16 A' gairm Pheadair, Aindreas, Sheumais agus Eoin, &c.

d luchd faire. e rinn iad aoradh dha.

**T**OISEACH Soisgeil Iosa Crìosd Mhic Dhé:

2 A réir mar a ta e scrìobhta anns na fàidhibh, Feuch, cuiream mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh'ull-licheas do shlighe romhad.

f iompoichibh, teagaisgibh. g Oifig.



3 Guth an tì a' dh'éigheas anns an fhàsach, Ulluichibh slighe an Tigh-earna, deanaibh a cheumanna dir-each.

4 Bha Eoin a' baisteadh anns an fhàsach, agus a' searmonachadh baistidh an aithreachais, chum maitheanas pheacanna.

5 Agus chaidh a mach d'a ionnsuidh tìr Iudea uile, agus luchd-àit-eachaidh Ierusalem, agus bhaisteadh leis iad uile ann an amhuinn Iordain, ag aideachadh am peacanna.

6 Agus bha Eoin air eudachadh lè fionna chàmhail, agus crios leathair m'a lèasruidh: agus bu bhiadh dha locuist agus mil fhiadhuich.

7 Agus shearmonaich e, ag radh, A ta neach a' teachd a'm' dhéigh a's cumhachdaiche na mise, neach nach airidh mise air cromadh sìos agus barr-iall a bhròg fhuasgladh.

8 Bhaist mise gu dearbh sibh le h-uisge: ach baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomha.

9 Agus tharladh anns na laithibh sin, gu'n d'thainig Iosa o Nasarèt Ghalile, agus bhaisteadh e le h-Eoin ann an Iordan.

10 Agus air ball an uair a chaidh e suas an uisge, chunnaic e na nèamhan air am fosgladh, agus an Spiorad mar choluman a' teachd a nuas air.

11 Agus thainig guth o nèamh, ag radh, Is tusa mo Mhac gràdhach, am bheil mo mhòr thlachd.

12 Agus air ball tharruing an Spiorad e do'n fhàsach.

13 Agus bha e 'n sin san fhàsach dà fhichead latha air a bhuaireadh le Satan, agus bha e maille ris na fiadh bheathaichibh, agus flirtheil na h-aingil dha.

14 Agus an déigh Eoin a chur am prìosun, thainig Iosa do Ghalile, a' searmonachadh soisgeil rioghachd Dhé.

15 Agus ag radh, Choimhlionadh an aimsir, agus a ta rioghachd Dhé am fagus; deanaibhse aithreachas, agus creidibh an soisgeul.

16 Agus air dha bli 'g imeachd ri taobh fairge Ghalile, chunnaic e Si-

mon, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn san fhairge: (oir b'ias-gaireann iad.)

17 Agus thubhairt Iosa riu, Thigibh a'm' dhéighse, agus nì mi 'nar ias-gairibh air daoineibh sibh.

18 Agus air ball dh'fhàg iad an lìonta, agus lean iad esan.

19 Agus an uair a chaidh e beagan air aghaidh as sin, chunnaic e Seumas mac Shebede, agus Eoin a bhràthair, agus iad san luing a' càradh an lìonta.

20 Agus air ball ghoir e iad, agus dh'fhàg iad Sebede an athair san luing maille ris an luchd tuarasdail, agus lean iad esan.

21 Agus chaidh iad a steach do Chapernaum, agus air ball air dha dol a stigh do'n t-sionagog<sup>1</sup> air an t-sàbaid, theagaisg e.

22 Agus ghabh iad iongantais r'a theagasg: oir bha e 'gan teagasg mar neach aig an robh ùghdarras, agus cha b'ann mar na scrìobhuichean.

23 Agus bha 'nan sionagog-san neach anns an robh spiorad neo-ghlan, agus ghlaodh e,

24 Ag radh, Leig leinn; ciod ar gnothuch-ne riut, Iosa o<sup>m</sup> Nasaret? an d'thainig thu g'ar sgrios-ne? Is aithne dhomh cò thu, aon naomha Dhé.

25 Agus chronuich Iosa e, ag radh, Bì d' thosd, agus thig a mach as.

26 Agus an uair a reub an spiorad neo-ghlan e, agus a ghlaodh e le guth ard, thainig e mach as.

27 Agus ghabh iad mòr iongantais uile, ionnus gu 'n robh iad a' cur na ceiste so air a chéile, ag radh, Ciod e so? Ciod e an teagasg nuadh so? oir le h-ùghdarras a ta e toirt orduigh eadhon do na spioradaibh neo-ghlana, agus tha iad ùmhail dha.

28 Agus chaidh a chliu air ball a mach air feadh na tìre uile timchioll Ghalile.

29 Agus gun dàil, air dhoibh dol a mach as an t-sionagog, chaidh iad a steach do thigh Shimoin agus Aindreas, maille ri Seumas agus Eoin.

50 Ach bha màthair-chéile Shì-moin 'na luidhe ann am fiabhrus; agus ghrad labhair iad ris uimpe.

51 Agus thainig esan agus thog e i, a breith air laimh oirre; agus air ball dh'fhàg am fiabhrus i, agus fhrithheil i dhoibh.

52 Agus an uair a bha 'm feasgar ann, air do'n ghréin dol fuidhe, thug iad d'a ionnsuidh iadsan uile a bha euslan, agus iadsan anns an robh deamhain.

53 Agus bha 'm baile uile air a chruinneachadh chum an doruis.

54 Agus leighis e mòran air an robh iomadh gné cucaile, agus thilg e mach mòran dheamhan, agus cha d'fhulaing e do na deamhnaibh labhairt, airson gu'm b'aithne dhoibh<sup>n</sup> e.

55 Agus air dha éirigh sa' mhad-uinn, fada roimh là, chaidh e mach, agus dh'imich e gu àite fàsail<sup>o</sup>, agus rinn e ùrnuigh an sin.

56 Agus lean Simon, agus an dream a bha maille ris e.

57 Agus air fhaotainn dhoibh thubhairt iad ris, A ta gach uile neach ga d'iarraidh.

58 Agus thubhairt esan riu, Rach-amaid<sup>p</sup> a dh'ionnsuidh nam bailte eile laimh ruinn, chum as gu'n searmonaich mi an sin mar an ceudna: oir is ann a chum na criche so thainig mise mach.

59 Agus shearmonaich e 'nan sion-agaibh air feadh Ghalile uile, agus thilg e mach na deamhain,

40 Agus thainig lobhar d'a ionnsuidh, a' guidhe air, agus a'lùbadh a ghlùn da, agus ag radh ris, Ma's àill leat, tha thu comasach air mise a dheanamh glan.

41 Agus ghabh Iosa truas mòr dheth<sup>r</sup>, agus air sìneadh a mach a laimhe, bhean e ris, agus thubhairt e ris, Is àill leam, bi-sa glan.

42 Agus co luath 's a labhair e, air ball dh'fhalbh an loibhre<sup>s</sup> uaith, agus rinneadh glan e.

43 Agus thug e geur ordugh dha, agus air ball chuir e air falbh e;

44 Agus thubhairt e ris, Feuch nach ianais thu bheag do neach air bith:

ach imich, nochd thu fein do'n t-sag-art, agus tabhair mar lobairt air son do ghlanaidh na nithe a dh'àithu Maois, mar fhianuis dhoibh.

45 Agus air dhasan dol a mach, thòisich e air innseadh gu ro fhollaiseach, agus air a' chùis a sgaoileadh m'an cuairt, air chor as nach feudadh Iosa dol tuilleadh gu follaiseach a steach do'n bhaile; ach bha e mach ann an àitibh uaigneach: agus thainig iad d'a ionnsuidh as gach aird.

## C A I B. II.

1 Leighis Crìosd neach air an robh am pairilis: 14 Tha e gairm Mhata o àite togail na cìse, 16 ag itheadh maille ri cìs-mhaoraibh agus ri peacachaibh, &c.

A GUS an déigh laithean àraidh, chaidh e a ris a steach do Chapernaum; agus chualas esan a bhì san tigh.

2 Agus air ball chruinnicheadh mòran an ceann a chéile, air chor as nach robh àit a chumadh iad, eadhon timchioll an doruis: agus labhair e am focal riu.

3 Agus thainig iad, a' tabhairt d'a ionnsuidh neach air an robh am pairilis, air a ghiùlan le ceathrar.

4 Agus a chionn nach b'urrainn iad teachd am fagus da leis an t-sluagh, rùisg iad mullach an tighe, anns an robh e: agus air dhoibh a tholladh, leig iad sìos an leabadh air an robh an neach a bha tinn leis a' phairilis 'na luidhe.

5 Air do Iosa an creidimh-san fhaicinn, thubhairt e ris an neach air an robh am pairilis, A mhic, tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

6 Ach bha droing àraidh<sup>t</sup> do na srìobhuiclibh 'nan suidhe an sin, agus iad a' reusonachadh 'nan cridhibh fein:

7 C'arson a ta am fear so a' labhairt toibheim mar so? Cò dh'fheudas peacaidh a mhaithheadh ach Dia a mhaìn?

8 Agus air ball air aithneachadh do Iosa 'na spiorad fein gu'n robh iadsan a' reusonachadh mar sin ionn-

<sup>n</sup> dhaibh. <sup>o</sup> dìomhair, uaigneach. <sup>p</sup> imicheamaid, theirgcamaid.

<sup>r</sup> ris. <sup>s</sup> muire. <sup>t</sup> àraid.



ta fein, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh a' reusonachadh nan nithe sin ann bhur cridhibh?

9 Co aca is usadh a radh ris an neach air am bheil am pairilis, Tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit, no a radh, Eirich, agus tog do leabadh, agus imich?

10 Ach a chum as gu'm bi fios agaibh gu bheil ùghdarras aig Mac an duine peacaidh a mhaithheadh air talamh, (thubhairt e ris an fhear air an robh am pairilis)

11 A deirim riut, Eirich, agus tog do leabadh, agus imich do d' thigh.

12 Agus dh'éirich esan air ball, agus thog e an leabadh, agus chaidh e mach 'nam fianuis uile, ionnus gu'n robh mòr iongantais orra uile, agus gu'n do ghlòruich iad Dia, ag radh, Cha'n fhaca sinne riamh a leithid so.

13 Agus chaidh e mach a ris ri taobh na mara, agus thainig an sluagh uile d'a ionnsuidh, agus theagaisg e iad.

14 Agus ag dol seachad da, chunnaic e Lebhi mac Alpheuis 'na shuidhe aig àite togail na cìse, agus thubhairt e ris, Lean mise. Agus dh'éirich e, agus lean se e.

15 Agus tharladh, 'nuair a shuidh Iosa chum bìdh 'na thigh-san, gu'n do shuidh mòran chis-mhaor agus pheacach maille ri Iosa, agus r'a dheisciobluibh: oir bha mòran ann, agus lean iad e.

16 Agus an uair a chunnaic na scriobhuichean agus na Phairisich esan ag itheadh maille ri cìs-mhaoraibh agus ri peacachaibh, thubhairt iad r'a dheisciobluibh, C'ar son a ta e ag itheadh agus ag òl maille ri cìs-mhaoraibh agus ri peacachaibh?

17 Agus an uair a chuala Iosa so, thubhairt e riu, Cha 'n'eil feum acasan a ta slàn air an léigh, ach acasan a ta tinn: cha d' thainig mise a ghairm nam firean, ach nam peacach chum aithreachais.

18 Agus bu ghnàth le deisciobluibh Eoin, agus nam Phairiseach a bhi trosgadh<sup>a</sup>: agus thainig iad, agus thubhairt iad ris, C'ar son a ta deis-

ciobuil Eoin, agus nam Phairiseach ri trosgadh, agus nach 'eil do dheisciobuils' a' trosgadh?

19 Agus thubhairt Iosa riu, Am bheil clann seomair an fhir nuadh-phòsda comasach air trosgadh a dheanamh, am feadh a bhitheas am fear nuadh-pòsda 'nam fochair<sup>b</sup>? am feadh a ta am fear nuadh-pòsda aca maille riu, cha'n fheud iad trosgadh a dheanamh:

20 Ach thig na laithean anns an dthoirear am fear nuadh-pòsda uatha; agus an sin ni iad trosgadh sna laithibh sin.

21 Agus cha 'n'eil duine sam bith a dh'fhuaigheas mìr do eudach nuadh air sean eudach: no, *ma dh'fhuaigheas*, buinidh am mìr nuadh, a chuireadh g'a lìonadh suas, as an t-sean eudach, agus nithear an reubadh ni's miosa.

22 Agus cha chuir duine air bith fion ùr ann an seann searragaibh<sup>c</sup>; no brisidh am fion nuadh na searragan, agus dòirtear am fion, agus caillear na searragan: ach is còir fion nuadh a chur ann an searragaibh nuadha.

23 Agus tharladh gu'n deachaidh e troimh<sup>d</sup> na h-achaibh arbhair air latha na sàbaid, agus thòisich a dheisciobuil, ag imeachd dhoibh, ris na diasan arbhair a spìonadh,

24 Agus thubhairt na Phairisich ris, Feuch c'ar son a ta iad a' deanamh an ni nach 'eil ceaduichte air latha na sàbaid?

25 Agus thubhairt esan riu, Nach do leugh sibhse riamh ciod a rinn Daibhidh, 'n uair a bha uireasbhuidh air, agus ocras air fein agus oirasan a bha maille ris?

26 Cionnus a chaidh e steach do thigh Dhé ann an laithibh Abiatair an ard shagairt, agus a dh'ith e aran na fianuis<sup>e</sup>, nach 'eil ceaduichte do neach air bith itheadh, ach do na sagartaibh, agus a thug e mar an ceudna do'n dream a bha maille ris?

27 Agus thubhairt e riu, Dh'orduicheadh an t-sàbaid air son an duine, cha 'n e an duine air son na sàbaid:

<sup>a</sup> trasgadh. <sup>b</sup> maille riu. <sup>c</sup> leathar-bhuidealaibh. <sup>d</sup> trid, air feadh.

<sup>e</sup> an t-aran taisbeanta.

28 Air an aobharsin is Tighearna f  
Mac an duine air an t-sàbaid fein.

## C A I B. III.

1 *Tha Criosd a' leigheas an duine aig an robh an làmh sheargta, agus mòr-an a dh'eucailibh eile: 11 a' cronuchadh nan spiorad neo-ghlan, 13 agus a' taghadh a dhà abstol deug, &c.*

**A**GUS chaidh e ris a steach do'n t-sionagog, agus bha an sin duine aig an robh làmh sheargta.

2 Agus rinn iad faire air, a dh'fheuchainn an leighiseadh se e air la-tha na sàbaid, chum's gu'm biodh cùis dhìtidh aca dha.

3 Agus thubhairt e ris an duine aig an robh an làmh sheargta, Eirich sa' mheadhon.

4 Agus thubhairt e riu, Am bheil e ceaduichte maith a dheanamh air laithibh na sàbaid, no olc? anam a thearnadh, no a sgrios? ach dh'fhan iadsan 'nan tosd.

5 Agus an uair a dh'àmhairc e m'an cuairt orra le feirg, air dha bhi doilich air son cruais an cridhe, thubhairt e ris an duine, Sin a mach do làmh. Agus shìn e mach i: agus rinneadh slàn i mar an làmh eile.

6 Agus chaidh na Phairisich a mach, agus ghabh iad comhairle air ball maille ri luchd-leanmhuinn Heroid 'na agbaidhsan, cionnus a dh'fheudadh iad a sgrios.

7 Ach chaidh Iosa maille r'a dheisciobluibh a leth chum na mara: agus lean sluagh mòr e o Ghalile, agus oi Iudea,

8 Agus o Ierusalem, agus o Idu-mea, agus o thaobh thall Iordain, agus iadsan a bha timchioll Thiruis agus Shidoin, thainig cuideachd mhòr dhiubh d'a ionnsuidh, 'nuair a chual iad oia mòr na nithe a rinn e.

9 Agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, long bheag a bli feitheamh air, air son an t-sluaigh, chum nach dòmhluicheadh iad e.

10 Oir leighis e mòran, ionnus gu'n do dhlu-theann iad ris, a mheud 's air an robh plàighean, chum as gu'm deanadh iad ris.

11 Agus na spiorada neo-ghlan, an uair a chunnaic iad e, shleuchd iad da, agus ghlaodh iad, ag radh, Is tusa Mac Dhé.

12 Agus thug e sparradh teann dhoibh, nach deanadh iad aithnichte' e.

13 Agus chaidh e suas gu beinn, agus ghairm e iadsan a b'àill leis: agus thainig iad d'a ionnsuidh.

14 Agus dh'orduich e dà fhear dheug, chum's gu'm biodh iad maille ris, agus gu'n cuireadh e mach iad a shearmonachadh:

15 Agus gu'm biodh aca cumhachd a leigheas euslainte, agus a thilgeadh a mach dheamhan.

16 Agus air Simon thug e Peadar mar chomh-ainm:

17 Agus Seumas mac Shebede, agus Eoin bràthair Sheumais, (agus orra-san thug e Boanerges mar chomh-ainm, 's e sin re radh, Clann na tairneanaich.)

18 Agus Aindreas, agus Philip, agus Bartolomeus, agus Mata, agus Tomas, agus Seumas mac Alpheuis, agus Tadeus, agus Simon an Canaanach,

19 Agus Iudas Iscariot, an neach sin a bhrath e: Agus chaidh iad do thigh.

20 Agus chruinnicheadh an sluagh a ris, ionnus nach robh e'n comas doibh uiread agus aran itheadh.

21 Agus an uair a chual a chairdean so, thainig iad a mach a bhreith air: oir thubhairt iad, Tha e air mhìchèill.

22 Agus thubhairt na scrìobhuichean a thainig a nuas o Ierusalem, A ta Beelsebub aige, agus is ann trid phrionnsaidh nan deamhan a ta e tilgeadh a mach dheamhan.

23 Agus air dha'n gairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu ann an cosamhlachdaibh, Cionnus a dh'fheudas Satan Satan a thilgeadh a mach?

24 Agus ma bhitheas rioghachd roinnte 'na h-aghaidh fein, cha'n urrainn an rioghachd sin seasamh.

25 Agus ma bhitheas tigh air a roinn 'na aghaidh fein, cha'n urrainn an tigh sin seasamh.

26 Agus ma dh'éireas Satan 'na



aghaidh fein, agus gu'm bi e roinnte, cha 'n urrainn e seasamh, ach a ta crìoch aige.

27 Cha'n urradh neach air bith dol a steach do thigh duine làidir, agus 'airneis a thogailleis, mur ceangail e 'n duine làidir an toiseach; agus an sin creachaidh e a thigh.

28 Gu deimhin a deirim ribh, Gu maithear na h-uile pheacanna do chloinn nan daoine, agus gach toibheum a labhras iad.

29 Ach ge b'e labhras toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha'n fhaigh e maitheanas a choidhch, ach a ta e an cunnart peanais<sup>l</sup> shiorruidh.

30 Air son gu'n dubhairt iad, Tha spiorad neo-ghlan aige.

31 An sin thainig a bhràithrean agus a mhàthair, agus air dhoibh seasamh a muigh, chuir iad fios d'a ionnsuidh, a' gairm air.

32 Agus bha 'n sluagh 'nan suidhe m'a thimchioll, agus thubhairt iad ris, Feuch, ata do mhàthair agus do bhràithrean a muigh ga d' iarraidh.

33 Agus fhreagair e iad, ag radh, Co i mo mhàthair, no mo bhràithrean?

34 Agus sheall e m'an cuairt orrasan a bha 'nan suidhe m'a thimchioll, agus thubhairt e, Feuch mo mhàthair agus mo bhràithrean.

35 Oir ge b'e neach a ni toil Dé, is esan mo bhràthair, agus mo phiutkar, agus mo mhàthair.

#### C A I B. IV.

1 *Cosamhlachd an t-sìoladair, agus a bhrìgh.* 21 *Is coir dhuinn solus ar n-eòlais a phàirteachadh re muinntir eile.* 26 *Cosamhlachd an t-sìl a ta fàs ann an uaigheas, &c.*

**A**GUS thòisich e air teagasg a rìs làimh ris a' mhuir, agus chruinnicheadh sluagh mòr d'a ionnsuidh, ionnus gu'n deachaidh e steach do luing, agus gu'n do shuidh e air a' mhuir; agus bha 'n sluagh uile ri taobh na mara air tìr.

2 Agus theagaisg e dhoibh mòran do nithibh ann an cosamhlachdaibh, agus thubhairt e riu 'na theagasg,

3 Eisdibh, Feuch, chaidh fear-cuir<sup>m</sup> a mach a chur sìl :

4 Agus tharladh ag cur an t-sìl da, gu'n do thuit cuid deth ri taobh an rathaid, agus thainig eunlaith an athair, agus dh'ith iad suas e.

5 Agus thuit cuid eile dheth air fearann creagach, far nach robh mòr thalamh aige, agus air ball dh'fhàs e suas, do bhrìgh nach robh doimhne talmhainn aige.

6 Ach air do'n ghréin éirigh, loisgeadh e; agus a chionn nach robh freumh<sup>g</sup> aige, shearg e as.

7 Agus thuit cuid eile am measg droighinn, agus dh'fhàs an droighinn suas, agus thachd se e, agus cha d'thug e toradh uaith.

8 Agus thuit cuid eile air talamh maith<sup>p</sup>, agus thug e toradh uaith a' fàs suas agus a' meudachadh; agus thug e mach, cuid a dheich uiread fhichead, agus cuid a thri fichead uiread, agus cuid a cheud uiread 's a chuireadh.

9 Agus thubhairt e riu, An ti aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisd-eadh e.

10 Agus an uair a bha e 'na aonar, dh'fhiosrach iadsan, a bha 'na fìoch-air maille ris an dà fhear dheug, an cosamhlachd deth.

11 Agus thubhairt e riu, Dhuibhse thugadh eòlas a ghabhail air nithibh dìomhair rioghachd Dhé: ach dhoibhsan a ta 'n leth muigh nìthear gach ni an cosamhlachdaibh:

12 Chum as ag faicinn doibh gu'm faic iad, agus nach aithnich iad, agus ag cluinntinn dhoibh gu'n cluin iad, agus nach tuig iad; air eagal àm air bith gu'm pilleadh iad, agus gu'm biodh am peacaidh air am maitheadh dhoibh.

13 Agus thubhairt e riu, Nach aithne dhuibh an cosamhlachd so? agus cionnus ma ta a thuigeas sibh gach uile chosamhlachd?

14 Tha 'm fear-cuir a' cur an fhocail.

15 Agus is iad so iadsan ri taobh an rathaid, anns an cuirear am focal, an déigh dhoibh a chluinntinn, air ball a ta Satan a' tèachd, agus a' togail leis

an fhocail, a shìol-chuireadh 'nan cridhibh.

16 Agus is iad so iadsan mar an ceudna a chuireadh air fearann creagach; muinntir, an uair a chluinneas iad am focal, a ghabhas e air ball le gairdeachas:

17 Agus cha 'n'eil freumh aca ionnta fein, ach mairidh iad rè sealain; 'na dhéigh sin 'nuair a dh'éireas amhgar<sup>p</sup> no geur-leanmhuinn air son an fhocail, air ball a ta iad a' gabhail oilbheim.

18 Agus is iad so iadsan a chuireadh am measg an droighinn, an dream a dh'éisdeas ris an fhocal;

19 Agus a taro chùram an t-saoghail so, agus mealltaireachd saibhreis, agus anamhianna nithe eile teachd a steach, agus a' tachdadh an fhocail, agus nithear neo-thorach e.

20 Agus is iad so iadsan a chuireadh ann an talamh maith, an dream a chluinneas am focal, agus a ghabhas e, agus a bheir a mach toradh, cuid a dheich uiread fhichead, cuid a thri fichead uiread, agus cuid a cheud uiread 's a chuireadh.

21 Agus thubhairt e riu, An dthoir ear coinneal chum gu'n cuir ear i fuaidh bheul soithich, no fuaidh leabaidh? nach ann a chum a cur ann an coinnleir?

22 Oir cha 'n'eil ni air bith foluichte, nach foillsichear; agus cha robh ni air bith an cleith, nach dthig os àird.

23 Ma ta cluasa chum éisdeachd aig neach air bith, éisdeadh e.

24 Agus thubhairt e riu, Thugaibh fa'near ciod a chluinneas sibh: leis an tomhas a thomhaiseas sibh, tomhaisear dhuibh fein; agus bheirear tuilleadh dhuibhse ta 'g éisdeachd.

25 Oir ge b'e neach aig am bheil, bheirear dha: agus ge b'e neach aig nach 'eil, bheirear uaith an ni sin fein a ta aige.

26 Agus thubhairt e, Is amhuil rioghachd Dhé, mar gu'n cuireadh duine sìol anns an talamh,

27 Agus gu'n coidleadh e, agus gu'n éireadh e a dh'oidhch, agus a là, agus gu'n gineadh an sìol, agus gu'm

fàsadh e suas, air dòigh nach fhios da.

28 Oir bheir an talamh a mach toradh uaith fein, air tùs am fochann, a ris an dias, an déigh sin an làn arbh-ar anns an déis.

29 Ach an uair a ta 'n toradh abach, air ball cuiridh e an corran ann, a chionn gu bheil am fogharadh air teachd.

30 Agus thubhairt e, Ciod an ni ri 'n samhluich sinn rioghachd Dhé? no ciod e an cosamhlachd leis an coimhneas sinn i r'?

31 Is cosmhuil i ri gràinne mus-taird, ni, 'nuair a chuirear san talamh e, is lugha do na h-uile phòraibh a ta air talamh.

32 Ach an déigh a chur, fàsaidh e suas, agus cinnidh e ni 's mò na luibh sam bith eile, agus fàsaidh geugan mòra air, ionnus gu'm feud eunlaith an athair nid a dheanamh fuaidh a sgàile.

33 Agus le iomadh d'a leithidibh sin do chosamhlachdaibh labhair e 'm focal riu, a réir mar a b'urrainn iad a chluinntinn.

34 Ach gun chosamhlachd cha do labhair e riu: Agus mhìnich e na h-uile nithe d'a dheisciobluibh fein air leth.

35 Agus thubhairt e riu air an là sin fein, air teachd do'n fheasgar, Rachamaid thairis do'n taobh eile.

36 Agus an uair a sgaoil iad an coimhthional, thug iad leo esan anns an luing mar a bha e, agus bha longa beaga eile 'na fhochair mar an ceudna.

37 Agus dh'éirich stoirm mhòr ghaoith ann, agus leum na tonna a steach do'n luing, air chor as gu'n robh i nis làn.

38 Agus bha esan ann an deireadh na luinge, 'na chodal air clusaig<sup>s</sup>: agus dhùisg iad e, agus thubhairt iad ris, A mhaighstir, nach 'eil suim agad gu'n caillear sinn?

39 Agus dh'éirich e, agus chronuich e ghaoth, agus thubhairt e ris an fhainge, Tosd, bi sàmhach. An sin luidh a' ghaoth, agus bha fèath<sup>t</sup> mòr ann.



40 Agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh co eagalach? cionnus nach 'eil creidimh agaibh?

41 Agus ghabh iad eagal ro mhòr, agus thubhairt iad r'a chéile, Ciod e an duine so, gu bheil a' ghaoth, agus an fhairge féin ùmhal da?

### C A I B. V.

1 *Air do Chrìosd na deamhain a chur a mach as an duine anns an robh legion diubh, 13 chaidh iad a stigh anns na mucaibh. 25 Leighis e bhean air an robh dortadh fola, 35 agus thog e o na marbhaibh nighean Iairuis.*

**A**GUS thainig iad gu taobh eile na mara, gu dùthaich nan Gadarach.

2 Agus an uair a chaidh e mach as an luing, air ball thachair air as na h-àitibh-adhlaic, duine anns an robh spiorad neo-ghlan,

3 Aig an robh a chòmhnuidh sna h-àitibh-adhlaic, agus cha b'urrainn neach air bith a cheangal, eadhon le slabhraidhibh:

4 Oir chaidh a cheangal gu tric le geimhlibh agus le slabhraidhibh, agus tharruing e na slabhraidhean as a chéile, agus mhin-bhris e na geimhlean: Agus cha b'urrainn duine sam bith a cheannsachadh.

5 Agus bha e ghnàth, a là agus a dh'oidhche, sna beanntaibh, agus sna h-ionadaibh-adhlaic, a' glaothaich, a' gus 'ga ghearradh fein le clachaibh.

6 Ach an uair a chunnaic e Iosa fada uaith, ruith e agus shleuchd e dha,

7 Agus ghlaodh e le guth mòr, agus thubhairt e, Ciod mo ghnòthuchsa riut, Iosa, a Mhic an Dé is ro airde? cuiream ort a h-uchd Dé, gun mo phianadh.

8 (Oir thubhairt e ris, Thig a mach as an duine, a spioraid neo-ghloin)

9 Agus dh'fhiosruich e dheth, Ciod is ainm dhuit? Agus fhreagair esan, ag radh, Legion is ainm dhomh: oir a ta sinn mòran ann.

10 Agus ghuidh e gu ro gheur air, gun e g'an cur a mach as an dùthaich sin.

11 Agus bha treud mòr mhuc an sin, ag ionaltradh am fagus do'n bheinn<sup>u</sup>.

12 Agus ghuidh na deamhain uile air, ag radh, Cuir sinne dh'ionnsuidh nam muc, chum as gu'n rachamaid a steach ionnta.

13 Agus air ball thug Iosa cead doibh; agus air dol a mach do na spioradaibh neo-ghlana, chaidh iad a stigh anns na mucaibh, agus ruith an treud sìos gu dian le àite cas do'n fhairge, (bha iad mu thimchioll dà mhìle) agus thachdadh iad san fhairge.

14 Agus theich iadsan a bha 'g ionaltradh nam muc, agus dh'innis iad sin, araon anns a' bhaile, agus anns an tìr. Agus chaidh iad a mach a dh'fhaicinn ciod e an ni ud a thachair.

15 Agus thainig iad chum Iosa, agus chunnaic iad an ti anns an robh an deamhan, agus aig an robh an legion, 'na shuidhe, agus eudach uime, agus a chiall aige; agus ghabh iad eagal.

16 Agus dh'innis iadsan a chunnaic e dhoibh, cionnus a thachair do'n ti anns an robh an deamhan, agus mu thimchioll nam muc.

17 Agus thòisich iad ri guidhe air imeachd a mach as an crìochaibh.

18 Agus air dha dol a stigh san luing, ghuidh an ti anns an robh an deamhan air, gu'm feudadh e bhi maille ris.

19 Gidheadh cha dò leig Iosa leis, ach thubhairt e ris, Imich dhachaidh dh'ionnsuidh do mhuinntir, agus innis dhoibh meud nan nithe a rinn an Tighearna dhuit, agus gu'n d'rinn e tròcair ort.

20 Agus dh'imich esan, agus thòisich e ri chur an céill ann an Decapolis meud nan nithe a rinn Iosa dha: agus ghabh iad iongantais uile.

21 Agus air dol do Iosa a ris thairis anns an luing do'n taobh eile, chruinnicheadh sluagh mòr d'a ionnsuidh; agus bha e làimh ris a' mhuir.

22 Agus feuch, thainig aon do uachdaranaibh nan sionagog, d'am b'ainm Iairus, agus an uair a chunn-

aic e esan, leig se e fein sìos aig a chosaibh.

23 Agus ghuidh e gu dùrachdach air, ag radh, A ta mo nighean bheag ann an cunnart grad bhàis; thig, *guidheam ort*, agus leag do lamhan oirre chum as gu'n slànuichear i, agus mairidh i beo.

24 Agus dh'innich Iosa maille ris, agus lean sluagh mòr e, agus dhòmhluich iad e.

25 (Agus bha bean àraidh an sin, air an robh dòrtadh fola rè dhà bhliadhna dheug,

26 Agus dh'fhulaing i mòran o iomadh leigh, agus chaith i na bha aice, agus cha b'fheairrd i bheag e, ach gu'm bu mheisd;

27 'Nuair a chual i iomradh air Iosa, thainig i am measg an t-sluaigh o chùlaobh, agus bhean i r'a eudach:

28 Oir thubhairt i, Ma dh'fheudas mi beantuinn ach r'a eudach, slànuichear mi.

29 Agus air ball thiormaicheadh tobar a fola: agus dh'aithnich i air a corp fein, gu'n do leighiseadh i o'n phlàigh sin.

30 Agus dh'aithnich Iosa air ball ann fein gu'n deachaidh cumhachd a mach as, agus air dha tionndadh san t-sluagh, thubhairt e, Cò a bhean ri m' eudach?

31 Agus thubhairt a dheisciobuil ris, A ta thu faicinn gu'm bheil an sluagh ga d' dhòmhlachadh, agus an abair thu, Cò a bhean rium?

32 Agus dh'amhairc e m'an cuairt g'a faicinn<sup>a</sup> a rinn so.

33 Ach air do'n mhnaoi bhi fa eagal agus air chrith, air aithneachadh an ni a rinneadh innte, thainig i, agus leig si i fein sìos 'na làthair, agus dh'innis i 'n fhìrinn uile dha.

34 Agus thubhairt e rithe, A nigh-ean, shlànuich do chreidimh thu; imich an sìth, agus bi slàn o d' phlàigh.

35 Am feadh a bha e fathast a' labhairt, thainig *droing o thigh* uachdarain na sionagoige, ag radh, Fhuair do nighean bàs, c'ar son a chuireadh tu tuilleadh dragha air a' mhaighstir?

36 Co luath 's a chual Iosa an comhradh so a labhradh, thubhairt e ri

uachdaran na sionagoige, Na biodh eagal ort, a mhàin creid.

37 Agus cha d'fhulaing e do neach air bith a leantuinn, ach Peadar, agus Seumas, agus Eoin bràthair Sheumais.

38 Agus thainig e gu tigh uachdarain na sionagoige, agus chunnaic e 'n iomairt<sup>a</sup> agus iadsan a bha gul, agus a' caoineadh gu mòr.

39 Agus air teachd a steach dha, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh ris an iomairt so, agus ri bròn? cha 'n'eil an nìonag marbh, ach 'na còdal.

40 Agus rinn iadsan gàire fochaid ris: ach air dhasan an cur uile mach, thug e leis athair agus màthair na h-inghin, agus iadsan a bha maille ris, agus chaidh e steach far an robh an nìonag 'na luidhe.

41 Agus air dha breith air an nìonag air laimh, thubhairt e rithe, Talitha cumi, 's e sin, air eadar-mhìneachadh, A chailin, (a deirim riut) éirich.

42 Agus air ball dh'éirich an nìonag; agus dh'innich i; oir bha i dà bhliadhna dheuga dh'aois: agus ghabh iad iongantas anabarrach.

43 Agus thug e ordugh teann doibh, nach faigheadh duin' air bith fios air so; agus dh'àithn e càilleigin a thoirt di r'a itheadh.

## C A I B. VI.

1 Rinneadh tàir air Crìosd le m'inn-tir a dhùcha. 7 Tha e tabhairt do'n da fhear dheug cumhachd os cionn spiorada neo-ghlana. 14 Iomadh barail mu Chrìosd. 18 Chuireadh an ceann do Eoin Baiste, &c.

**A** GUS chaidh e mach as sin, agus thainig e d'a dhùthaich fein, agus lean a dheisciobuil e.

2 Agus an uair a thainig an t-sàbaid, thoisich e air teagasg anns an t-sionag: agus air do mhòran a chluinntinn, ghabh iad iongantas, ag radh, Cia uaith a ta na nithese aig an fhear so? Agus ciod e an gliocas so thugadh dha, gu bheil a leithid so do fheartaibh air an deanamh le lamhaibh-san?

3 Nach e so an saor, mac Mhuire, bràthair Sheumais agus Ioseis, agus



Iudais, agus 'Shimoin? Agus nach 'eil a pheathraiche an so 'nar foch-air? Agus fhuair iad oilbheum annb.

4 Ach thubhairt Iosa riu, Cha 'n'eil fàidh gun urram, ach 'na dhùth-aich fein, agus am measg a chairdean, agus 'na thigh fein.

5 Agus cha robh e 'n comas da mìorbhuil air bith a dheanamh an sin, saor o gu 'n do chuir e a làmhan air beagan do mhuinntir a bha tinn, agus gu'n do leighis e iad.

6 Agus bha iongantas air air son am mì-chreidimh. Agus chaidh e timchioll nam bailte, a' teagasg.

7 Agus ghairm e chuige an dà fhear dheug, agus thòisich e air an cur a mach dithis agus dithis, agus thug e dhoibh cumhachd air spiorad-aibh neo-ghlana;

8 Agus dh'àithn e dhoibh gun ni air bith thoirt leo air son na slighe, ach lorg a mhàin; gun mhàla, gun aran, gun airgid 'nan sporan:

9 Ach bonn-bhròga<sup>c</sup> bhi air an cosaibh, agus gun dà chòta bhi umpa.

10 Agus thubhairt e riu, Ge b'e ionad air bith anns an dtheid sibh a steach do thigh, an sin fanaibh gus am falbh sibh as an àite sin.

11 Agus cò air bith iad nach gabh ribh, agus nach éisd ribh, air dhuibh imeachd as an àite sin, crathaibh an duslach a bhitheas f'ar cosaibh, mar fhianuis 'nan aghaidh. Gu deimhin a deirim ribh, Gur so-iomchair<sup>d</sup> a bhitheas e do Shodom agus do Ghorra aim an là a' bhreitheanais, na do'n bhaile sin.

12 Agus chaidh iad a mach, agus shearmonaich iad gu'n deanadh daoine aithreachas.

13 Agus thig iad a mach mòran dheamhan, agus dh'ung iad le h-ola mòran a bha tinn, agus leighis siad iad.

14 Agus chual Herod an rìgh uime, (oir chaidh ainm am follus) agus thubhairt e, A ta Eoin Baiste air éirigh o'na marbhaibh, agus uime sin a ta feartan air an oibreachadh leis.

15 Thubhairt cuid eile, Gur e Elias a t'ann. Agus thubhairt cuid eile,

Gur fàidh a t'ann, no mar aon do na fàidhibh.

16 Ach an uair a chual Herod so, thubhairt e, 'S e Eoin d'an do chuir mise an ceann, a th'ann; dh'éirich e o na marbhaibh.

17 Oir chuir Herod fein a mach agus ghlac e Eoin, agus cheangail e ann am prìosun e, air son Herodiais bean phòsda Philip, a bhràthar fein, do bhrìgh gu'n do phòs e i.

18 Oir thubhairt Eoin ri Herod, Cha 'n'eil e ceaduichte dhuit bean do bhràthar a bhi agad.

19 Uime sin bha diom<sup>e</sup> mòr aig Herodias ris, agus bu mhiann leatha a chur gu bàs, ach cha b'urrainn i.

20 Oir bha eagal Eoin air Herod, air dha fios a bhi aige gu'm bu duine ceart agus naomh e, agus thug e fa'n-earf e, agus air dha a chluinntinn, rinn e mòran do nithibh air a chomh-airle. agus dh'éisd e ris gu toileach.

21 Agus air teachd do là iom-chuidh, rinn Herod, air comh-ainm an là an d'rugadh e, suipear d'a uaislibh, agus d'a ard cheannardaibh, agus do mhaithibh Ghalile:

22 Agus an uair a chaidh nighean Herodiais so steach, agus a rinn i, dannsa thajinn i ri Herod agus riu-sa a shuidh maille ris, agus thubhairt an rìgh ris a' chailin, Iarr ormsa ge b'e ni is àill leat, agus bheir mi dhuit e.

23 Agus thug e mionnan di, Ge b'e ni dh'iarras tu orm, bheir mi dhuit e, gu leth mo rioghachd.

24 Agus an uair a chaidh i mach thubhairt i r'a màthair, Ciod a dh'iarras mi? Agus thubhairt ise, Ceann Eoin Bhaiste.

25 Agus chaidh i air ball le cabh-aig a steach a dh'ionnsuidh an rìgh, agus dh'iarr i, ag radh, Is àill leam gu'n d'thugadh tu dhomh gu dàil ceann Eoin Bhaiste air mèis.

26 Agus bha 'n rìgh ro dhoilich; gidheadh air son a mhiannan, agus an dream a bha 'nan suidhe maille ris, cha robh toil aige a diultadh.

27 Agus air ball chuir an rìgh a mach fear-millidh, agus dh'àithn e a

<sup>b</sup> ghabh iad oilbheum ris.

<sup>c</sup> cuarain.

<sup>d</sup> so-fhulaing.

<sup>e</sup> diomb.

<sup>f</sup> choimhid sé.

cheann a thoirt a steach : agus dh'im-ich esan agus thug e 'n ceann deth anns a' phriosun,

28 Agus thug e cheann leis air mèis, agus thug e do'n chailin<sup>8</sup> e : agus thug an cailin d'a màthair e.

29 Agus an uair a chual a dheisciobuil sin, thainig iad agus thog iad a chorp, agus chuir iad ann an uaigh e.

30 Agus chruinnicheadh na h-Abstoil chum Iosa, agus dh'innis iad da na h-uile nithe, araon gach ni a rinn iad, agus gach ni a theagasg iad.

31 Agus thubhairt e riu, Thigibhs' air leth do àit uaigneach, agus gabhaibh fois car tamuill blig : Oir bha mòran a' teachd agus a' dol, agus cha robh ùine aca uiread as biadh itheadh.

32 Agus chaidh iad gu àite fàsail ann an luìng air leth.

33 Agus chunnaic an sluagh iadsan a' falbh, agus dh'aithnich mòran e, agus ruith iad d'an cois as na bailtibh uile an sin, agus bha iad rompa, agus chruinnicheadh iad d'a ionnsuidh.

34 Agus an uair a chaidh Iosa mach, chunnaic e sluagh mòr, agus ghabh e truas mòr dhiubh, a chionn gu'n robh iad mar chaoraich gun bhuachaille aca : agus thòisich e air mòran do nithibh a theagasg dhoibh.

35 Agus an uair a bha nis mòran do'n là air dol seachad h, thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, ag radh, A ta 'n t-àite so fàs, agus a ta nis mòran do'n là air dol thairis :

36 Leig air falbh iad, chum gu dtheid iad do'n tìr m' an cuairt, agus do na bailtibh, agus gu ceannaich iad biadh dhoibh fein : oir cha 'n eil ni air bith aca r'a itheadh.

37 Ach fhreagair esan, agus thubhairt e riu, Thugaibhse dhoibh r'a itheadh, Agus thubhairt iadsan ris, An dtheid sinn agus an ceannaich sinn luach dhà cheud peghinn a dh'aran, chum gu d'thugamaid dhoibh ni r'a itheadh ?

38 Ach thubhairt esan riu, Cia lion builinni a ta agaibh ? rachaibh agus faicibh. Agus air faotainn fios doibh, thubhairt iad, Cùig, agus dà iasg.

39 Agus dh'àithn e dhoibh a thoirt orra uile suidhe sìos 'nan cuideachdaibh air an fheur uaine.

40 Agus shuidh iad sìos 'nan buidh-nibh fa leth, 'nan ceudaibh, agus 'nan leth-cheudaibh.

41 Agus air dha na cùig builinnean agus an dà iasg a ghabhail, agus amharc suas gu neamh, bheannuich, agus bhris e na builinnean, agus thug e d'a dheisciobluibh iad, chum gu'n cuireadh iad rompa iad ; agus roinn e 'n dà iasg orra uile.

42 Agus dh'ith iad uile, agus shàsuicheadh iad.

43 Agus thog iad dà chliabh dheug làn do'n bhiadh bhriste, agus do na h-iasgaibh.

44 Agus b'iad an dream a dh'ith do na builinnibh cùig mìle fear.

45 Agus air ball choimh-éignich e a dheisciobuil gu dol anns an luìng, agus dol roimhe dh'ionnsuidh na taoibh thall gu Betsaida, gus an cuireadh e an sluagh air falbh.

46 Agus an uair a chuir e air falbh iad, chaidh e gu beinn a dheanamh ùrnuigh.

47 Agus an uair a bha 'n t-anmocrann, bha 'n long am meadhon na mara, agus esan 'na aonar air tìr.

48 Agus chunnaic e iadsan air am pianadh ag iomramh ; oir bha ghaoth 'nan aghaidh : agus thainig e d'an ionnsuidh mu thimchioll na ceathramh faire do'n oidhche, ag imeachd air a' mhuir, agus b'àill leis dol seachad orra.

49 Ach an uair a chunnaic iadsan e 'g imeachd air a' mhuir, shaoil iad gu 'm bu tannasg a bh'ann ; agus ghlaodh iad.

50 (Oir chunnaic iad uile e, agus bha iad fa bhuaireas) Agus air ball labhair e riu, agus thubhairt e riu, Biodh misneach mhaith agaibh, is mise ta ann, na biodh eagal oirbh.

51 Agus chaidh e suas d'an ionnsuidh do'n luìng, agus luidh a' ghaoth : agus bha uamhas mòr thar tomhas orra, agus ghabh iad iongantais.

52 Oir cha dthug iad fa'near mòrbhuil nam builinn ; oir bha 'n cridhe air a chruadhachadh.



53 Agus an uair a chaidh iad thairis, thainig iad gu talamh Ghene-saret, agus tharruing iad gu tìr.

54 Agus an uair a thainig iad a mach as an luing, air ball dh'aithnich iad e,

55 Agus ruith iad air feadh na tìre sin uile m'an cuairt, agus thòisich iad air an droing a bha tinn a ghiùlan m'an cuairt air leapaichibh, ge b'e àit an cual iad esan a bhi.

56 Agus ge b'e air bith bailte, no cathraiche, no dùthaich an deachaidh e steach, chuir iad na daoine tinn air na sràidibh, agus ghuidh iad air gu'm feudadh iad beantuinn a mhàin ri iomall 'eudaich: agus a mheud 's a bhean ris, leighiseadh iad.

### C A I B. VII.

1 *A ta na Phairisich a' faghail croin do na deiscioblubh, air son gu'n robh iad ag itheadh le làmhazbh neo-ionnlaidte: 6 A ta Crìosd air an làimh eile a' faghail croin doibhsan air son gu'n robh iad a' briseadh àitheanta Dhé le teagasg, agus gnàthuchadh dhaoine, &c.*

**A**GUS chruinnicheadh na Phairisich d'a ionnsuidh, agus dream àraidh do na scrìobhuichibh a thainig o Ierusalem.

2 Agus an uair a chunnaic iad cuid d'a dheiscioblubh ag itheadh arain le làmhaibh salacha (sin r'a radh neo-ionnlaidte,) fhuair iad cron doibh.

3 Oir cha 'n ith na Phairisich, agus na h-Iudhaich uile, biadh, mur ionnlaid iad an làmha gu minic, a' coimhead beul-aithris nan seanair.

4 Agus air dhoibh teachd o'n mhargadh, mur tum<sup>l</sup> siad iad, cha 'n ith iad. Agus a ta mòran do nithibh eile a ghabh iad orra a choimhead, *mar a ta nigheadh chupan, agus phota, agus shioithiche umha<sup>m</sup>, agus leapaichean<sup>n</sup>.*

5 An sin dh'fheòraich na Phairisich agus na scrìobhuichean dheth, C'ar son nach 'eil do dheisciobuil ag imeachd a réir beul-aithris nan seanair, ach a ta iad ag itheadh arain le làmhaibh neo-ionnlaidte?

6 Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, Is maith a rinn Esaias

fàidheadaireachd mu'r timchiolls', a chealgairean, a réir mar a ta e scrìobhta, A ta am pobull so toirt ònoir dhomhsa le 'm bilibh, ach a ta an cridhe fada uam.

7 Ach is ann gu ddomhanach a ta iad a' toirt aoraidh dhomhsa, a' teagasg àitheanta dhaoine mar theagasg.

8 Oir air dhuibh àithne Dhé a thréigsinn, a ta sibh a' cumail orduchaidh dhaoine, *mdr a ta nigheadh phota agus chupan: agus mòran eile d'an leithidibh sin a ta sibh a' deanamh.*

9 Agus thubhairt e riu, Is maith a ta sibh a' cur air cùl àithne Dhé, chum gu'n coimhid sibh bhur orduchadh fein.

10 Oir thubhairt Maois, Thoir onoir do t'athair, agus do d' mhàthair: agus, Ge b'e neach a mhalluicheas athair no màthair, cuirear gu cinnteach gu bàs e.

11 Ach their sibhse, Ma their neach r'a athair, no r'a mhàthair, Biodh e 'na Chorban, sin r'a radh, 'na thiodhlacadh do'n teampull, ge b'e ni leis am faigheadh tu tairbhe uamsa;

12 Nach leig sibh dha as sin suas ni sam bith a dheanamh air son 'athar, no a mhàthar;

13 A' cur focail Dé an neo-brigh le bhur beul-aithris fein, a dh'aithris sibh: agus mòran d'an leithidibh sin do nithibh a ta sibh a' deanamh.

14 Agus air gairm an t-sluaigh uile d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, Eisidibh riums' uile, agus tuigibh.

15 Cha 'n'eil ni sam bith o'n taobh a muigh do'n duine, a theid a steach ann, d'am bheil e 'n comas a shalachadli; ach na nithe ta teachd a mach as, is iad sin a taalachadh an duine.

16 Ge b'e aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisdeadh e.

17 Agus an uair a chaidh e steach do'n tigh o'n t-sluagh, chuir a dheisciobuil ceisd air mu thimchioll a' chosamhlachd.

18 Agus thubhairt e riu, Am bheil sibhse mar so fathast gun tuigse? Nach 'eil fhios agaibh, ge b'e ni air bith a theid a steach san duine o'n

leth a muigh, nach 'eil e n comas da esan a shalachadh ?

19 Do bhrìgh nach dtheid e steach d'a chridhe, ach do'n bhroinn, is theid e mach do'n t-slochd shalchair, a' glanadh gach uile bhìdh.

20 Agus thubhairt e, Is e an nì a thig a mach as an duine, a shaluicheas an duine.

21 Oir is ann o'n taobh a stigh, a cridhe dhaoine, a thig a mach droch smuaintean, adhaltrannas, strìopachas, mortadh,

22 Goid, sannt, aingidheachd, mealltaireachd, macnùs<sup>o</sup>, droch shùil, toibheim, uabhar, amaideachd :

23 A ta na h-uile so uile a' teachd a mach o'n taobh a stigh, agus a' salachadh an duine.

24 Agus air dha éirigh as sin, chaidh e gu crìochaibh Thiruis agus Shidoin : agus an uair a chaidh e steach do thigh, cha b'àill leis fios a bhi aig neach sam bith air ; gidheadh cha'n fheudadh e bhì'm folach.

25 Oir chuala bean uime, aig an robh nighean bheag, anns an robh spiorad neo-ghlan, agus thainig i agus thuit i aig a chosaibh :

26 (Agus bu Ghreugach a' bhean, Ban-shiropheiseach a thaobh cinnich) agus ghuidh i air gu'n tilgeadh e an deamhan a mach as a h-inghin.

27 Ach thubhairt Iosa rithe, Fulaing do'n chloinn air tùs a bhi air an sàsachadh : oir cha 'n'eil e iomchuidh aran na cloinne a ghabhail, agus a thilgeadh chum nan con.

28 Agus fhreagair ise agus thubhairt i ris, Is fìor sin, a Thighearn : gidheadh ithidh na coin fuìdh 'n bhord do sbruileach na cloinne.

29 Agus thubhairt esan rithe, Air son na càinntè so fein, imich romhad, a ta an deamhan air dol a mach a d' nighinn.

30 Agus an uair a bha ise air teachd a dh'ionnsuidh a tighe, fhuair i an deamhan air dol a mach, agus a h-inghean air a cur 'na luidhe air an leabaidh.

31 Agus a ris air dha imeachd o chrìochaibh Thiruis agus Shidoin,

thainig e gu muir Ghalile, troimh mheadhon chrìoch Dhecapolis.

32 Agus thug iad d'a ionnsuidh duine bothar, aig an robh staduich 'na chainnt : agus ghuidh iad air gu'n cuireadh e a làmh air.

33 Agus thug e a leth o'n t-sluagh e, agus chuir e a mheoir 'na chluasaibh, agus shil e<sup>p</sup>, agus bhean e r'a theangaidh.

34 Agus air dha amharc suas gu nèamh, rinn e osna, agus thubhairt e ris, Ephphata, 'se sin r'a radh, Bi fosgarlè.

35 Agus air ball dh'fhosgladh a chluasan, agus dh'fhuasgladh ceangal a theanga, agus labhair e gu ceart.

36 Agus dh'àithn e dhoibh gun iad a dh'innseadh sin do neach air bith : ach mar is mò a thoirnisg esan doibh, bu mhòid gu ro mhòr a chuir iadsan an gnìomh os aird ;

37 Agus bha iad gu ro mhòr air an lìonadh le h-iongantas, ag radh, Rinn e na h-uile nìthe gu maith : tha e faraon a' tabhairt air na bothair gu'n cluinn iad, agus air na bailbh gu'n labhair iad.

## C A I B. VIII.

1 *A ta Crìosd a' biadhadh a' phobuill gu mìorbhuileach ; 11 a' diultadh comhar' thabhairt do na Phairisich ; 14 ag iarraidh air a dheisciobtuibh bhì air am faicill an aghaidh taois ghoirt nam Phairiseach, agus Heroid ; 22 a' tabhairt a radhairc do dhuine dall, &c.*

**A**NNS na laithibh sin air do shluagh ro mhòr a bhi ann, agus gun nì air bith aca r'a itheadh, ghairm Iosa a dheisciobuill d'a ionnsuidh, agus thubhairt e riu,

2 A ta truas mòr agam do'n t-sluagh, do bhrìgh gu'n d'fhan iad a nis trì làithean maille rium, agus nach 'eil nì air bith aca r'a itheadh ;

3 Agus ma leigear mi d'an tighibh fein 'nan trosg<sup>r</sup> iad, fannuichidh iad air an t-slighe : oir thainig cuid aca am fad.

4 Agus fhreagair a dheisciobuill e, Cia as a dh'fheudas neach iad so a



shàsuchadh le h-aran an so san fhàsach ?

5 Agus dh'fhiosraich e dhiubh, Cia lìon builinn a ta agaibh ? Agus thubhairt iadsan, Seachd.

6 Agus thug e ordugh do'n t-sluagh suidhe sìos air an làr : agus ghlac e na seachd builinnean, agus air tabhairt buidheachais, bhris e, agus thug e iad d'a dheisciobluibh, chum gu'n cuireadh iad 'nan làthair iad : agus chuir iad sìos an làthair an t-sluaigh iad.

7 Agus bha aca beagan a dh'iasgaibh beaga : agus bheanuich e iad, agus dh'àithn e 'n cur sìos 'nan làthair mar an ceudna.

8 Agus dh'ith iad, agus shàsuicheadh iad : agus thog iad làn sheachd bascaid do'n bhiadh bhriste, a bha dh'fhuighleach aca.

9 Agus bha iadsan a dh'ith mu thimchioll cheithir mìle ; agus leig e air falbh iad.

10 Agus air ball chaidh e steach an luing maille r'a dheisciobluibh, agus thainig e gu crìochaibh Dhalmanuta.

11 Agus thainig na Phàrisich a mach ; agus thòisich iad ri ceisdean a chur air, ag iarraidh comharaidh uaithi o nèamh, 'ga dhearbhadh.

12 Agus air deanamh osna dhasan 'na spioraid, thubhairt e, C'ar son a ta an ginealach so ag iarraidh comharaidh ? gu deimhin a deirim ribh nach dthoirear comhara do'n ghiinealach so.

13 Agus dh'fhàg e iad, agus air dha dol a steach do'n luing a ris, chaidh e do'n taobh eile.

14 Agus dhi-chuimhnich na deisciobuil aran a thoirt leo ; agus cha robh aca ach aon bhuilinn<sup>t</sup> maille riu san luing.

15 Agus dh'àithn e dhoibh, ag radh, Thugaibh an aire, bithibh air bhur faicill an aghaidh taois ghoirt nam Phairiseach, agus taois ghoirt Heroid.

16 Agus bha iadsan a' reusonachadh 'nam measg féin, ag radh, Is ann air son nach 'eil aran againn a ta e.

17 Agus air aithneachadh sin do Iosa, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh a reusonachadh do bhrigh nach

'eil aran agaibh ? Nach 'eil fhios agaibh fathast, agus nach 'eil sibh a' tuigsinn ? am bheil bhur cridhe fathast air a chruadhachadh ?

18 Air dhuibh sùilean a bhi agaibh, nach faic sibh ? agus air dhuibh cluasan a bhi agaibh, nach cluinn sibh ? agus nach 'eil sibh a' cuimhneachadh ?

19 An uair a bhris mi na cùig builinnean am measg nan cùig mìle, cia lìon cliabh làn do bhiadh briste a thog sibh ? Thubhairt iadsan ris, A dhà dheug.

20 Agus an uair a bhris mi na seachd am measg nan ceithir mìle, cia lìon bascaid làn do bhiadh briste a thog sibh ? Agus thubhairt iadsan, Seachd.

21 Agus thubhairt e riu, Cionnus nach 'eil sibh a' tuigsinn ?

22 Agus thainig e gu Betsaida, agus thug iad d'a ionnsuidh duine dall, agus ghuidh iad air gu'm beanadh e ris.

23 Agus rug e air laimh an doill agus threòruich e mach as a' bhaile e ; agus air dha a shileadh a chur air a shùilibh, agus a làmhan a chur air, dh'fheòruich e dheth an robh e faicinn ni air bith.

24 Agus dh'amhairc esan suas, agus thubhairt e, A ta mi faicinn dhaoine mar chraobhan ag imeachd.

25 'Na dhéigh sin, chuir e a làmhan a ris air a shùilibh, agus thug e air amharc suas : agus dh'aisigeadh a radharc dha, agus chunnaic e gach uile dhuine gu soilleir.

26 Agus chuir e dh'ionnsuidh a thighe féin e, ag radh, Na rach a steach do'n bhaile, agus na h-innis do neach air bith anns a' bhaile e.

27 Agus chaidh Iosa agus a dheisciobuil a mach gu bailtibh Chesarea Philipi : agus air an t-slighe, chuir e ceisd air a dheisciobluibh, ag radh riu, Cò a tha daoine ag radh is mise ?

28 Agus fhreagair iadsan, Eoin Baiste ; agus cuid eile, Elias ; agus cuid eile, Aon do na fàidhibh.

29 Agus thubhairt esan riu, Ach cò a tha sibhse ag radh is mi ? Fhreagair Peadar agus thubhairt e ris, Is tu Criosd.

30 Agus thug e sparradh dhoibh gun iad a dh'inneadh so uime do neach sam bith.

31 Agus thòisich e r'an teagasg, gur éigin do Mhac an duine mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis na seanairibh, agus na h-ard-shagartaibh agus na scriobhuichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus éirigh a ris an déigh thri làithean.

32 Agus labhair e a' chainnt so os àird. Agus rug Peadar air, agus thòisich e r'a chronuchadh.

33 Ach air dhasan tionndadh m'an cuairt, agus amharc air a dheiciobluibh, chronuich e Peadar, ag radh, Imich air mo chùlaobh, a Shatain : oir cha 'n'eil spéis agad do nithibh Dhé<sup>u</sup>, ach do nithibh dhaoine.

34 Agus air gairm an t-sluaigh, agus a dheisciobuil d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, Ge b'e neach leis an àill teachd a'm' dhéighse, àicheadhadh se e fein, agus togadh e a chrann-cèusaiddh, agus leanadh e mise.

35 Oir ge b'e neach leis an àill anam fein a choimhead, caillidh se e ; ach ge b'e neach a chailleas anam air mo shonsa, agus air son an t-soisgeil, coimhididh esan e.

36 Oir ciod e an tairbhe do dhuine, gedo chosnadh e ansaoghal gu h-iomlan, agus anam a chall ?

37 No ciod a bheir duine an éiric anama ?

38 Oir ge b'e neach a ghabhas nàire dhiomsa, agus do m' fhoclaibh, anns a' ghinealach adhaltrannach agus olc-sa, dheth-san gabhuidh Mac an duine nàire, 'nuair a thig e an glòir Athar, maille ris na h-ainglibh naomha.

## C A I B. IX.

2 *A ta cruth Iosa air atharrachadh :*

11 *A ta e a' teagasg a dheisciobuil mu thimchioll teachd Eliais ; 14 a' tilgeadh a mach an spioraid bhailbh agus bhothair ; 30 a' roimh-innseadh a bhàis, agus aiseirigh ; &c.*

**A**GUS thubhairt e riu, Gu deimhin a deirim ribh, gu'm bheil cuid dhiubhsan a ta 'nan seasamh an

so, nach blais bàs, gus am faic iad rioghachd Dhé a' teachd le cumhachd.

2 Agus an ceann shea làithean, thug Iosa Peadar, agus Seumas, agus Eoin leis, agus threòruich e iad leo féin air leth gu beinn aird : agus dh'atharruicheadh a chruth 'nam fianuis.

3 Agus rinneadh eudach dealrach, ro gheal mar an *sneachda* ; air mhodh nach robh e 'n comas do ghlanadair-eudaich sam bith air talamh a ghealachadh.

4 Agus dh'fhoillsicheadh dhoibh Elias maille re Maois : agus bha iad a' còmhradh ri h-Iosa.

5 Agus fhreagair Peadar, agus thubhairt e re h-Iosa, A mhaighstir, is maith dhuinne bhi 'n so: air an aobhar sin deanamaid tri bothain ; aon duitse, agus aon do Mhaois, agus aon do Elias.

6 Oir cha robh fhios aige ciod a theireadh e : oir bha iad fuidh eagal ro mhòr.

7 Agus thainig neul a chuir sgàile orra, agus thainig guth as an neul, ag radh, Is e so mo Mhac gràdhachsa, éisdibh ris.

8 Agus air ball an uair a dh'amh-airc iad mu'n timchioll, cha 'n fhac iad neach air bith as sin suas, ach Iosa 'na aonar maille riu.

9 Agus ag teachd dhoibh a nuas o'n bheinn, dh'àithn e dhoibh gun na nithe a chunnaic iad innseadh do neach sam'bith, gus an éireadh Mac an duine a ris o na marbhaibh.

10 Agus ghleidh iad a' chainnt so aca fein, a' fiosrachadh d'a chéile ciod bu chiall do'n aiserigh o na marbhaibh.

11 Agus dh'fheòraich iad deth, ag radh, C'ar son a deir na scriobhuichean gur éigin Elias a theachd air tús ?

12 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Thig Elias gu deimhin air tús, agus aisgidh e na h-uile nithe, agus mar a ta e scriobhta mu Mhac an duine, gu 'm bheil e gu mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a chur an dèimeas.

13 Ach a deirim ribh, gu bheil E-



lias d'a rìreadh air teachd, agus rinn iad ris gach nì a thogair iad, a réir mar a ta e scrìobhta uime.

14 Agus air dha teachd chum a dheisciobuil, chunnaic e sluagh mòr m'an timchioll, agus na scrìobhuichean a' deasboireachd riu.

15 Agus air ball bha 'n sluagh uile, 'nuair a chunnaic iad e, fa uamhas mòr, agus air dhoibh ruith d'a ionnsuidh, chuir iad fàilt' air.

16. Agus dh'fhiosruich e do na scrìobhuichibh, Ciod e mu 'm bheil sibh a' deasboireachd riu?

17 Agus air freagairt do neach do'n t-sluagh, thubhairt e, A mhaighstir, thug mi mo mhac a t' ionnsuidh, anns an bheil spiorad balbh:

18 Agus ge b'e ionad sam bith an glac se e, a ta e 'ga tharruing as a chèile; agus a ta e cur cobhair as a bheul, agus a' giosgarnuich le fhiac-laibh, agus a ta e a' seargadh as: agus thubhairt mi re d' dheisciobluibh, iad g'a chur a mach, agus cha b' urradh iad.

19 Ach fhreagair esan, agus thubhairt e ris, O chinnich gun chreidimh, cia fhad a dh'fhuilgeas mi sibh? thug-aibh e m' ionnsuidh.

20 Agus thug iad d'a ionnsuidh e: agus an uair a chunnaic se e, reub an spiorad air ball e, agus thuit e air an talamh, agus bha e 'ga aoirneagan<sup>a</sup> fein, agus a' cur cobhair as a bheul.

21 Agus dh'fhiosruich e d'a athair, Cia fhad an aimsir o thainig so air? agus thubhairt e, O bha e 'na leanabh.

22 Agus gu minic thilg e san teine e, agus anns an uisge, chum gu milleadh se e: ach ma ta thusa comasach air nì sam bith a dheanamh, gabh truas dinn, agus cuidich leinn.

23 Ach thubhairt Iosa ris, Ma's urrainn thusa creidsinn, a ta gach aon nì comasach do'n neach a chreideas.

24 Agus ghlaodh athair an leinibh a mach air ball, agus thubhairt e le deuraibh, A ta mi creidsinn, a Thigh-earn; cuidich thusa le m' mhi-chreidimh.

25 Agus an uair a chunnaic Iosa an sluagh a' ruith cuideachd, chron-

uich e an spiorad neo-ghlan, ag radh ris, A spioraid bhailbh agus bhothair, a ta mi 'g orduchadh dhuit, Thig a mach as, agus na rach<sup>b</sup> a steach ann nì s' mò.

26 Agus ghlaodh an spiorad, agus reub e gu ro chraiteach e, agus chaidh e mach as: agus bha e 'n riochd mairbh, ionnus gu'n dubhairt mòran, Tha e marbh.

27 Ach air do Iosa a ghlacadh air làimh, thog e suas e, agus dh'éirich e.

28 Agus an uair a chaidh e steach do'n tigh, dh'fhiosruich a dheisciobuil deth os ìosal, C'ar son nach b' urradh sinne a thilgeadh mach?

29 Agus thubhairt esan riu. Cha'n 'eil e comasach gu'n d'theid a' ghnè so mach le nì air bith, ach le h-ùrnuigh agus trosgadh.

30 Agus dh'imich iad as sin, agus chaidh iad tre Ghalile; agus cha b' àill leis fhios so bhi aig aon neach.

31 Oir theagaisg e a dheisciobuil fein, agus thubhairt e riu, A ta Mac an duine air a thabhairt thairis do làmhaibh dhaoine, agus cuiridh iad gu bàs e, agus an déigh a chur gu bàs, éiridh e ris an treas là.

32 Ach cha do thuig iad a' chainnt so, agus bha eagal orra fheòraich dheth.

33 Agus thainig e gu Capernaum, agus air bhi san tigh dha, dh'fhiosruich e dhiubh, Ciod e mu 'n robh sibh a' deasboireachd eadruibh fein, air an t-slighe?

34 Ach dh'fhan iadsan 'nan tosd: oir air an t-slighe bha iad a' reusonachadh eatorra fein, eo aca bu mhò a bhiodh.

35 Agus air suidhe dha, ghairm e 'n dà fhear dheug d'a ionnsuidh, agus thubhairt e riu, Ge b'e neach leis am miann a bhi air thoiseach, bitidh esan air dheireadh air chàch uile, agus 'na sheirbhiseach do na h-uile.

36 Agus ghabh e leanabh, agus chuir e 'nam meadhon e: agus an uair a thog e suas 'na uchd e, thubhairt e riu,

37 Ge b'e neach a ghabhas ri h-aon d'an leithidibh so do leanabaibh a'm' ainmse, a ta se a' gabhail riumsa: agus

<sup>a</sup> aoineagan, aonairt.

<sup>b</sup> teirig, gabh.

ge b'e neach a ghabhas riumsa, cha mhise ris am bheil e a' gabhail, ach an Ti a chuir uaith mi.

38 Agus fhreagair Eoin e, ag radh, A mhaighstir, chunnaic sinne neach nach 'eil 'gar leanmhuinn, a' tilgeadh a mach dheamhan a'd'ainmse; agus bhac<sup>c</sup> sinn e, chionn nach 'eil e 'gar leantuinn féin.

39 Ach thubhairt Iosa, Na bacaibh e: oir cha 'n'eil neach sam bith a ni m'orbhuil a'm' ainmse, d'am bheil e'n comas olc a labhairt gu h-ealamh umam.

40 Oir ge b'e neach nach 'eil 'nar d n-aghaidh, a ta e leibh.

41 Oir ge b'e neach a bheir cup-an uisge dhuibhse r'a òl a'm' ainmse, chionn gur le Criosd sibh, gu deimhin a deirim ribh, nach caill e a dhuais.

42 Agus ge b'e bheir aobhar oilbheim dh'aon neach do na h-aonaibh beaga so, a ta creidsinn annamsa, b'fhearr dha gu'm biodh clach-mhuilinn air a crochadh m'a mhuineal, agus gu 'm biodh e air a thilgeadh san fhaige.

43 Agus ma bheir do làmh aobhar oilbheim dhuit, gearr dhìot i: is fearr dhuit dol do'n bheatha air leth làimh, na dà làimh a bhi agad, agus dol gu h-ìfrinn, do'n teine nach mùchar a choidhch;

44 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'théid an teine as.

45 Agus ma bheir do chos aobhar oilbheim dhuit, gearr dhìot i: is fearr dhuit dol a steach do'n bheatha air leth chois, na dà chois a bhi agad, agus a bhi air do thilgeadh ann an ìfrinn, do'n teine nach mùchar a choidhch;

46 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'théid an teine as.

47 Agus ma bheir do shùil aobhar oilbheim dhuit, spìon asad i: is fearr dhuit dol a steach do rìoghachd Dhé air aon sùil, na dà shùil a bhi agad, agus a bhi air do thilgeadh ann an teine ìfrinn:

48 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'théid an teine as.

49 Oir sailleair gach aon neach le

teine, agus sailleair gach aon ìobairt le salann.

50 Is maith an salann: ach ma chailleas an salann a shailhteachd, ciod e leis an dean sibh deadh-bhlasda e? Biodh agaibh salann annaibh féin, agus bithibh sìochail r'a chéile.

## C A I B. X.

2 *A ta Criosd a' deasboircachd ris na Phairisich muthimchioll dealachaidh fir agus mnà pòsda: 13 a' beannachadh cloinne a thugadh d'a ionnsuidh: 17 ag innseadh do dhuine saibhir cionnus a dh'fheudas e a' bheatha shuthain a shealbhadh, &c.*

**A**GUS air éirigh dha as sin, thainig e gu crìochuibh Iudea tre'n dùthaich a ta air an taobh thall do Iordan: agus thainig slòigh d'a ionnsuidh a ris; agus mar bu ghnàth leis, theagaisg e iad a ris.

2 Agus air teachd do na Phairisich d'a ionnsuidh, dh'fhiosruich iad deth, Am bheil e ceaduichte do dhuine a bhean a chur air falbh? 'ga dhearbhadh.

3 Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, Ciod-a dh'àithn Maois dhuibh?

4 Agus thubhairt iadsan, Thug Maois cead duinn litir-dhealaich a sgrìobhadh, agus a cur air falbh.

5 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Air son cruais b'ur cridhe, sgrìobh e'n àithne so dhuibh.

6 Gidheadh o thoiseach na cruith-eachd, rian Dia iad fear agus bean.

7 Air an aobhar so fàgaidh duine athair agus a mhàthair, agus dlù-leanaidh e r'a mhnai phòsda;

8 Agus bithidh iad araon 'nan aon fheoil: ionnus nach dìthis iad o sin suas, ach aon fheoil.

9 Air an aobhar sin an ni a chuir Dia cuideachd, na cuireadh duine o chéile.

10 Agus anns an tigh dh'fheòraich a dheisciobuil deth a ris mu thimchioll an ni cheudna.

11 Agus thubhairt e riu, Ge b'e neach a chuireas air falbh a bhean féin, agus a phòsas bean eile, a ta e a' deanamh adhaltrannais 'na h-aghaidh:



12 Agus ma chuireas bean air falbh a fear fein, agus ma bhitheas i air a pòsadh ri fear eile, a ta i a' deanamh adhaltrannais.

13 Agus thug iad leanabana d'a ionnsuidh, chum as gu'm beanadh e riu; agus chronuich a dheisciobuil a' mhuinntir a thug leo iad.

14 Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus thubhairt e riu, Leigibh do na leanabanuibh teachd a m' ionnsuidh, agus na bacuibh iad: oir is ann d'an leithidibh a ta rioghachd Dhé.

15 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e neach nach gabh rioghachd Dhé mar leanabh beag, nach d'fhéid e gu bràth a steach innte.

16 Agus ghlac e 'na uchd iad, agus chuir e a lamhan orra, agus bheannuich e iad.

17 Agus an uair a chaidh e mach air an t-slighe, thainig neach 'na ruith, agus leig se e fein air a ghlùinibh dha, agus dh'fheòraich e dheth, A mhaighstir mhaith, ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?

18 Agus thubhairt Iosa ris, C'ar son a ghoireas<sup>c</sup> tu maith dhìomsa? cha 'n'eil neach sam bith maith, ach a h-aon, is e sin Dia.

19 Is aithne dhuìt na h-àitheanta, Na dean adhaltrannas, Na dean mortadh, Na goid, Na toir fianuis bhréige, Na dean eucoir<sup>f</sup>, Thoir onoir do t'athair, agus do d' mhàthair.

20 Ach fhreagair esan agus thubhairt e ris, A mhaighstir, choimhid mi iad so uile o m'òige.

21 Agus air amharc do Iosa air, ghràdhaich se e, agus thubhairt e ris, A ta aon ni dh'uireasbhuidh ort: imich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus bithidh agad ionmhas air nèamh; agus thig, tog an crann-cèusaidh, agus lean mise.

22 Agus bha doilghios air-san air son nam briathra sin, agus dh'fhalbh e gu tuirseach; oir bha mòran saibhris aige.

23 Agus air amharc do Iosa m'an cuairt, thubhairt e r'a dheisciobuibh,

Cia deacair<sup>g</sup> do'n mhuinntir sin aig am bheil mòr shaibhreas dol a steach do rioghachd Dhé!

24 Agus bha mòr uamhas air na deisciobluibh air son a bhriathra. Ach fhreagair Iosa a ris, agus thubhairt e riu, A chlann, cia deacair dhoibh-san a chuireas an dòigh ann an saibhreas, dol a steach do rioghachd Dhé!

25 Is usadh do chàmhail dol tre chrò na snàthaide, na do dhuine saibhir dol a steach do rioghachd Dhé.

26 Ach bha uamhas orrasan thar tomhas, ag radh eatorra fein, Cò ma seadh a dh'fheudas a bhi air a shaoradh?

27 Agus air do Iosa amharc orra, thubhairt e, Do dhaoibh a ta so eucomasach, ach cha 'n'eil e do Dhia: oir do Dhia a ta na h-uile nithe comasach.

28 Agus thòisich Peadar air a radh ris, Feuch, thréig sinne na h-uile nithe, agus lean sinn thusa.

29 Ach fhreagair Iosa, agus thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil neach sam bith a dh'fhàg tigh, no bràithre, no peathraiche, no athair, no màthair, no bean-phèda, no clann, no fearann, air mo shonsa agus air son an t-soisgèil.

30 Nach faigh a cheud uiread san aimsir so féin, tighean, agus bràithrean, agus peathraichean, agus màthraichean, agus clann, agus fearann, maille ri geur-leanmhuinn; agus anns an t-saoghal a ta ri teachd, a' bheatha mhaireannach.

31 Ach a ta mòran air thùs, a bhitheas air dheireadh; agus air dheireadh, a bhitheas air thùs.

32 Agus bha iad air an t-slighe a' dol suas gu Hierusalem: agus bha Iosa ag imeachd rompa; agus ghabh uamhas iad, agus ag dhoibh esan a leantuinn, bha eagal orra. Agus thug e an dà fhear dheug air leth a ris, agus thòisich e air na nithe a bha gu tachairt dà innseadh dhoibh,

33 Ag radh, Feuch, a ta sinn a' dol suas gu Hierusalem, agus bithidh Mac an duine air a thoirt thairis do na h-ard shagartaibh<sup>h</sup>, agus do na scriobhuichibh: agus dèidh iad chum

<sup>c</sup> ghairmeas<sup>f</sup> mealltaireachd.<sup>g</sup> doilich.<sup>h</sup> prìomh shagartaibh.

bàis e, agus bheir iad thairis e do na Cinnich;

54 Agus ni iad fanoid air, agus sgiùrsaidh iad e, agus tilgidh iad smugaid air, agus cuiridh iad gu bàs e : agus air an treas la éiridh e ris.

55 Agus thainig d'a ionnsuidh Seumas agus Eoin, mic Shebede, ag ràdh, A mhaighstir, is àill leinn gu'n dean thu dhuinne ge b'e ni a dh'iarras sinn.

56 Agus thubhairt esan riu, Ciod is àill libh mise a dheanamh dhuibh ?

57 Agus thubhairt iadsan ris, Deònuich dhuinne gu'n suidheamaid, a h-aon air do laimh dheis, agus am fear eile air do laimh chli ann do ghloir.

58 Ach thubhairt Iosa riu, Cha'n aithne dhuibh ciod a ta sibh ag iarraidh : am bheil sibh comasach air a' chupan òl a dh'òlas mise ? agus a bhi air bhur baisteadh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise ?

59 Thubhairt iadsan ris, A ta sinn comasach. Ach thubhairt Iosa riu, Oluidh sibhse gu deimhin an cupan a dh'òlas mise ; agus baistear sibh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise :

40 Ach suidhe air mo laimh dheis, agus air mo làimh chli, cha leamsa sin r'a thabhairt, ach dhoibhsan d'an d'ulluicheadh e.

41 Agus air cluinntinn so do'n deichnear, thòisich iad air mòr chorruih a ghabhail re Seumas agus Eoin.

42 Ach air do Iosa an gairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, A ta fhios agaibh gu bheil aca-san a ta air am meas mar uachdarain air na Cinnich, àrd thighearnas orra ; agus gu bheil aig an daoineibh mòra làn ùghdarras orra.

43 Ach cha bhi e mar sin 'nar measg-sa : ach ge b'e neach le'n àill a bhi mòr 'nar measg, bithidh e 'na òglach aguibh :

44 Agus ge b'e neach agaibh le'n àill toiseach a bhi aige, bithidh e 'na sheirbhiseach do na h-uile.

45 Oir cha d'huainig eadhon Mac an duine chum gu'n deantadh frith-ealadh dha, ach a dheanamh fritheal-

aidh, agus a thoirt anama fein mar éiric air son mhòrain.

46 Agus thainig iad gu Iericho : agus air imeachd dhasan agus d'a dheisciobluibh, agus do shluagh mòr, a mach a Iericho, bha Bartimeus an dall, mac Thimeuis, 'na shuidhe ri taobh na slighe, ag iarraidh déirce.

47 Agus air cluinntinn da gu'm b'e Iosa o Nasaret a bh'ann, thòisich e ri glaothaich, agus a ràdh, Iosa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

48 Agus chronuich mòran e, chum's gu'm biodh e 'na thosd : ach bu ro mhòid a ghlaodh esan, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

49 Agus sheas Iosa, agus dh'àithn e esan a ghairm d'a ionnsuidh : agus ghairm iad an dall, ag ràdh ris, Biodh misneach agad, éirich, tha e ga d'-ghairm.

50 Agus air dhasan fhalluingi a thilgeadh uaith, dh'éirich e, agus thainig e gu h-Iosa.

51 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e ris, Ciod is àill leat mise a dheanamh dhuit ? Thubhairt an dall ris, A Thighearn, mi dh'fhaotainn mo radhairc.

52 Agus thubhairt Iosa ris, Imich ; shlànuich do chreidimh thu. Agus air ball fhuair e a radharc, agus lean e Iosa san t-slighe.

## C A I B. XI.

1. *Ata Iosa marcachd gu buadhach do Hierusalem ; 12 a' mallachadh na craoibh air an robh duilleach gun mheas ; 15 a' glanadh an teampuill ; 20 ag earalachadh a dheisciobul chum iad a bhi seas-mhach sa' chreidimh, &c.*

**A** GUS an uair a thainig iad am fagus do Hierusalem, gu Betphage, agus Betani, aig sliabh nan crann-ola, chuir e uaith dithis d'a dheisciobluibh.

2 Agus thubhairt e riu, Rachaidh do'n bhaile ud thall fa'r comhair ; agus air ball an uair a théid sibh a steach ann, gheibh sibh searrach ceangailte, air nach do shuidh aon duine riamh ; fuasglaibh e, agus thugaibh leibh e.



5 Agus ma their neach air bith ribh, C'ar son a ta sibh a' deanamh so? abraibh, Gu'm bheil feum aig an Tighearn air; agus air ball cuiridh e'n so e.

4 Agus dh'imich iad, agus fhuair iad an searrach ceangailt a muigh aig an dorus, aig coinneachadh dà shlighe; agus dh'fhuasgail iad e.

5 Agus thubhairt cuid dhiubh-san, a bha 'nan seasamh an sin, riu, C'ar son a ta sibh a' fuasgladh an t-searrach?

6 Agus thubhairt iadsan riu mar a dh'àithn Iosa dhoibh: agus leig iad uatha iad.

7 Agus thug iad an searrach chum Iosa, agus chuir iad am falluingean air; agus shuidh esan air.

8 Agus sgaoil mòran am falluingean féin air an t-slighe: agus ghearr cuid eile geugan do na craobhaibh, agus sgaoil iad air an t-slighe iad.

9 Agus ghlaodh iadsan a bha 'g imeachd roimhe, agus iadsan a bha 'ga leantuinn, ag radh, Hosana, is beannuichte an ti a ta teachd ann an ainm an Tighearna.

10 Is beannuichte rioghachd ar n-Athar Daibhidh, a ta teachd [ann an ainm an Tighearna]; Hosana anns na h-àrdaibh.

11 Agus chaidh Iosa a steach do Hierusalem, agus do'n teampull; agus an uair a dh'ambhairc e air gach ni m'an cuairt, agus a bha 'm feasgar a nis air teachd, chaidh e mach gu Betani maille ris an dà fhear dheug.

12 Agus air an là maireach, 'nuair a chaidh iad a mach a Betani, 'dhfhàs e ocrach.

13 Agus air faicinn craoibh-fhìge fada uaith, air an robh duilleach, thainig e, dh'fheuchainn am faigh-eadh e ni sam bith oirre: agus air dha teachd d'a h-ionnsuidh, cha d'fhuair e ni sam bith ach duilleach; oir cha robh àm *tionail* nam fìge fathast ann.

14 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, Nar itheadh neach sam bith toradh dhiotsa o so suas a choidhch. Agus chual a dheisciobuill e.

15 Agus thainig iad gu Hierusalem: agus air do Iosa dol a steach do'n teampull, thòisich e air an dream a bha reiceadh agus a' ceannach san teampull a chur a mach, agus thilg e thairis bùird luchd malairt an airgid, agus caithriche na muinntir a bha reiceadh choluman:

16 Agus cha'n fhuilgeadh e gu 'n iomchaireadh neach sam bith soith-each troimh a teampull.

17 Agus theagaisg e, ag radh riu, Nach 'eil e scriobhta, Goirear tigh ùrnuigh do m' thighsa do<sup>m</sup> na h-uile chinneachaibh? Ach rinn sibhse 'na gharaidh luchd-reubainn e.

18 Agus chuala na scriobhuichean agus na h-àrd shagairt<sup>n</sup> so, agus dh'iarr iad cionnus a dh'fheudadh iad esan a mhilleadh: oir bha eagal-san orra, do bhrìgh gu'n robh an sluagh uile fa iongantas mòr r'a theagasg.

19 Agus an uair a bha 'm feasgar air teachd, chaidh e mach as a' chathair<sup>o</sup>.

20 Agus air mhaduinn, ag gabhail seachad dhoibh, chunnaic iad an crann-fìge air crìonadh o fhreumhaibh.

21 Agus air cuimhneachadh do Pheadar, thubhairt e ris, A mhaighstir, feuch, a ta chraobh-fhìge, a mhalluich thu, air crìonadh.

22 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Biodh creidimh Dhé agaibh.

23 Oir gu deimhin' a deirim ribh, ge b'e neach a their ris a' bheinn so, Togar thu, agus tilgear san fhairge thu, agus nach bi fa amharus 'na chridhe, ach a chreideas gu'n tachair na nithe a their e, thig gach ni a their e gu crìch dha.

24 Air an aobhar sin a deirim ribh, Ge b'e nithe air bith a dh'iarras sibh ann an ùrnuigh, creidibh gu'm faigh sibh, agus gheibh sibh.

25 Agus an uair a sheasas sibh a' dheanamh ùrnuigh, maithibh, ma ta ni air bith agaibh an aghaidh aon duine, chum gu maith bhur n-Athair a ta air nèamh bhur peacaidh féin duibhse.

26 Ach mur maith sibhse, cha mhò

a mhaithreas bhur n-Athair a ta air nèamh bhur peacaidh féin duibhse.

27 Agus thainig iad a rìs gu Hierusalem: agus air bhi dhasan a' spaisdeireachd<sup>p</sup> anns an teampull, thainig d'a ionnsuidh na h-àrd shagairt<sup>r</sup> agus na scriobhuichean, agus na seanairean.

28 Agus a deir iad ris, Ciod e an t-ùghdarras le'm bheil thu a' deanamh nan nithe so? Agus cò thug dhuit an t-ùghdarras so chum na nithese dheanamh?

29 Agus fhreagair Iosa agus a thubhairt e riu, Feòraichidh mise mar an ceudna aon ni dhìbhse, agus freagraibh mi, agus innsidh mise dhuibhse ciod e an t-ùghdarras le'n deanam na nithese.

30 An ann o neamh, no o dhaoineibh a thainig baisteadh Eoin? freagraibh mi.

31 Agus bha iad a' reusonachadh eatorra fein, ag radh, Ma their sin, O nèamh, their esan ruinn, C'ar son ma seadh nach do chreid sibh e?

32 Ach ma their sinn, O dhaoineibh; bha eagal an t-sluaigh orra, oir b'e meas gach uile air Eoin gu'm b'fhàidh e gu firinneach.

33 Agus air freagairt dhoibh, thubhairt iad re h-Iosa, Cha'n'eil fhios aguinn. Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Cha mhò dh'innseas mise dhuibhse ciod e an t-ùghdarras le'n deanam na nithese.

## C A I B. XII.

1 *Ann an cosamhlachd an fhìon-lios a shuidhicheadh air tuath mhi-thaing-eil, a ta Crìosd ag innseadh roimhlaimh diultadh nan Iudhach, agus gairm nan Cinneach.* 15 *Tha e seachnadh an rìbe a'chuir na Phairisich, agus na Herodianaich roimhe, mu thimchioll iocadh cìse do Cheasar:* 18 *a' nochdadh mearachd nan Sadusach mu thimchioll aiseirigh nam marbh, &c.*

**A** GUS thòisich e air labhairt a riu ann an cosamhlachdaibh. Shuidhich duine àraidh fìon-lios, agus chuir e gàradh m'an cuairt air, agus chladhaich e ionad bruthaidh

*nam fìon-dhearc, agus thog e tùr, agus shuidhich e air tuath e, agus ghabh e thurus as a dhùthaich.*

2 Agus san àm dhligheach chuir e seirbhiseach chum na tuatha, chum's gu'm faigheadh e do thoradh an fhìon-lios o'n tuath.

3 Ach air dhoibh-san esan a ghlac-adh, bhuail iad e, agus chuir iad uatha falamh e.

4 Agus a rìs chuir e seirbhiseach eile d'an ionnsuidh; agus chlach iad e, agus reub iad a cheann, agus chuir iad uatha e le h-eas-urram.

5 Agus a rìs chuir e neach eile d'an ionnsuidh; agus esan mharbh iad: agus mòran eile, a' bualadh cuid diubh, agus a' marbhadh cuid eile.

6 Fathast uime sin air dha aon Mhac a bhi aige, a b' ionmhuinn leis, chuir e esan mar an ceudna fa dheoidh d'an ionnsuidh, ag radh, Bheir iad urram do m' Mhac.

7 Ach thubhairt an tuath sin 'nam measg fein, Is e so an t-oighre; thigibh, marbhamaid e, agus bithidh an oighreachd aguinn féin.

8 Agus rug iad air, agus mharbh iad e, agus thilg iad a mach as an fhìon-lios e.

9 Ciod e uime sin a ni Tighearn an fhìon-lios? Thig e agus sgriosuidh e 'n tuath sin, agus bheir e 'm fìon-lios do dhaoineibh eile.

10 Nach do leugh sibh an scriob-tuir so? A' chlach a dhiult na clachairean, rinneadh ceann na h-òisinn dith.

11 Rinneadh so leis an Tighearn, agus is iongantach e 'nar sùilbhne.

12 Agus dh'iarr iad breith air, ach bha eagal an t-sluaigh orra; oir thuig iad gu'm b'ann 'nan aghaidh féin a labhair e an cosamhlachd: agus air fhàgail doibh, dh'inich iad rompa.

13 Agus chuir iad d'a ionnsuidh dream àraidh do na Phairisich, agus do luchd leanmhuinn Heriod, chum's gu'n glacadh iad e 'na chainnt.

14 Agus air dhoibh-san teachd, thubhairt iad ris, A mhaighstir, a ta fhios aguinn gu bheil thusa firinneach, agus nach 'eil suim agad do neach air bith: oir cha 'n'eil thu ag



amharc air gnùis dhaoine, ach a' teagasg slighe Dhé ann am firinn. Am bheil e ceaduichte cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil? an tabhair, no nach tabhair sinn i?

15 Ach air dhasan an cealg a thuig-sinn, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh ga 'm bhuaireadh? thugaibh peghinn a m' ionnsuidh, chum's gu'm faiceam i.

16 Agus thug iad *d'a ionnsuidh* i, agus thubhairt e riu, Cò d'an Ìomhaigh so, agus cò *d' am buin* an scriobhadh so? Agus thubhairt iadsan ris, Do Cheasar.

17 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Thugaibh do Cheasar na nithe a's le Ceasar. agus do Dhia na nithe a's le Dia. Agus ghabh iad iongantais ris.

18 An sin thainig na Sadusaich *d'a ionnsuidh*, a deir nach 'eil aiseirigh ann; agus dh'fheòraich iad deth, ag radh,

19 A mhaighstir, scriobh Maois dhuinne, Nam faigheadh bràthair duine air bith bàs, agus gu'm fàgadh e bean, agus nach fàgadh e clann, gu'n gabhadh a bhràthair a bhean *d'a ionnsuidh*, agus gu'n togadh e sliochd *d'a bhràthair*.

20 A nis bha seachdnar bhràithrean ann: agus ghabh an ceud fhear dhiubh bean, agus an uair a dh'eug e, cha d'fhàg e sliochd.

21 Agus ghabh an dara fear i, agus fhuair esan bàs, agus cha mhò a dh'fhàg esan sliochd: agus an treas fear mar an ceudna.

22 Agus ghabh an t-seachdnar i, agus cha d'fhàg iad sliochd: 'nan deigh uile, chaochail a' bhean mar an ceudna.

23 Anns an aiseirigh uime sin, an uair a dh'éireas iad, cò dhiubh d'am bean i? oir bha i aig an t-seachdnar 'na mnaoi.

24 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Nach 'eil sibh uime sin ann am mearachd, do bhrìgh nach 'eil eòlas agaibh air na scriobtuiribh, no air cumhachd Dhé?

25 Oir an uair a dh'éireas iad o na marbhaibh, ni 'm pòs iad, ni mò a bheirear am pòsadh iad: ach a ta iad mar na h-aingil a ta air nèamh.

26 Ach mu thimchioll nam marbh, gu'n éirich iad, nach do leugh sibh ann an leabhar Mhaois, cionnus a labhair Dia ris anns a' phreas, ag radh, Is mise Dia Abrahaim, agus Dia Isaac, agus Dia Iacoib?

27 Cha 'n e Dia nam marbh e, ach Dia nam beo: tha sibhse uime sin ann am mearachd mòr.

28 Agus thainig neach do na scriobhuichibh, agus an uair a chual e iadsan a' deasboireachd r'a chéile, agus a thuig e gu'n do fhreagair e gu maith iad, chuir e ceist air, C'i a' cheud àithne do na h-àitheantaibh uile?

29 Agus fhreagair Iosa e, 'S i so a' cheud àithne do na h-àitheantaibh uile, Eisd, O Israel, an Tighearna ar Dia-ne, is aon Tighearn e;

30 Agus gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d'uile chridhe, agus le d'uile anam, agus le d'uil' inntinn, agus le d'uile neart: 's i so a' cheud àithne,

31 Agus is cosmhail an dara àithne rithe so, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin: cha 'n'eil àithne eile ann a's mò na iad so.

32 Agus thubhairt an scriobhuiche ris, Is maith, gu firinneach, a Mhaighstir, a thubhairt thu: oir a ta aon Dia ann, agus cha 'n'eil atharrach ann ach e féin.

33 Agus esan a ghràdhachadh leis an uile chridhe, agus leis an uile thuigse, agus leis an uile anam, agus leis an uile neart, agus neach a ghràdhachadh a choimhearsnaich mar e féin, is mò sin na na h-uile làn ìobairte-loisgte, agus thabhartasa.

34 Agus air faicinn do Iosa gu'n do fhreagair e gu tuigseach, thubhairt e ris, Cha 'n'eil thu fada o rioghachd Dhé. Agus cha robh a mhinich aig neach air bith o sin suas ceist a chur air.

35 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, a' teagasg anns an team-pull, Cionnus a tha na scriobhuichean ag radh gur e Crìosd Mac Dhaibhidh?

36 Oir thubhairt Daibhidh féin tre 'n Spiorad naomh, Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn-sa, Suidh air mo làimh dheis, gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fa d' chosaibh,

37 Air an aobhar sin a ta Daibhidh féin a' gairm a Thighearna dheth ; cionnus ma seadh is e mhac e? Agus dh'éisd am mòr shluagh ris gu taitneach.

38 Agus thubhairt e riu 'na theagasg, Bithibh air bhur faicill o na scriobhuichibh, leis an ionmhuinn imeachd ann an culaidhibh fada, agus fàilte fhaotainn air na margaibh,

39 Agus na ceud chaithriche anns na sionagogaibh, agus na ceud àiteachasuidhe aig na féisdibh :

40 A dh'itheas suas tighean bhantrach, agus air sgàth deadh choslais a ni ùrnuighean fada : gheibh iad sin an dìteadh<sup>s</sup> a's mò.

41 Agus air do Iosa suidhe fa chomhair àite-coimhid an ionmhais, thug e fa'near cionnus a bha 'm pobull a' cur an airgid anns an ionmhas : agus chuir mòran do dhaoineibh saibhre mòran ann.

42 Agus air teachd do bhantraich bhochd, thilg i dà bhonn bheaga ann, a ni feoirin.

43 Agus air dha a dheisciobuil a ghairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, Gu deimhin a deirim ribh, gu'n do chuir a' bhantrach bhochd so tuilleadh san ionmhas, na iadsan uile a thilg ann.

44 Oir thilg iadsan uile ann d'am mòr phailteas ; ach thilg ise as a gainne na bha aice uile, eadhon a beathachadh gu h-iomlan.

## C A I B. XIII.

1 A ta Crìosd ag innseadh roimh-laimh sgrios an teampuill : 9 Geur-leanmhuinn air son an t-soisgeil, 10 agus gur eigin an soisgeul a bhi air a shearmonachadh do gach uile chinn-each : 14 Gu'n d'thig àmhghara mòra air na h-Iudhachaibh : 24 Dèigh a theachd-san chum breitheanaise, &c.

**A** GUS an uair a bha e dol a mach as an teampull, thubhairt neach d'a dheisciobuibh ris, A Mhaighstir, feuch ciod e a' ghnè chlach so, agus ciod e a' ghnè aitreibh so.

2 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Am faic thu 'n aitreabh

mhòr so ? cha'n fhàgar clach air muin cloiche, nach sgarar o chéile.

3 Agus air suidhe dha air sliabh nan crann-ola, fa chomhair an teampuill, dh'fheòraich Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus Andreas os iosal deth,

4 Innis duinne c'uin a bhitheas na nithe sin, agus ciod e 'n comhara 'nuair a bhitheas na nithe sin gu léir air an coimhlionadh.

5 Agus fhreagair Iosa iad, agus thòisich e air a radh, Thugaibh an aire nach meall aon neach sibh.

6 Oir thig mòran ann am ainmse, ag radh, Is mis e : agus meallaidh iad mòran.

7 Agus an uair a chluinneas sibh coganna, agus tuairisgeul<sup>t</sup> choganna, na biodh buaireas oirbh : oir is eigin iad so a theachd ; ach cha 'n'eil an deireadh ann fathast.

8 Oir éiridh cinneach an aghaidh cinnich, agus rioghachd an aghaidh rioghachd : agus bithidh critheanna talmhainn ann an iomadh àit, agus bithidh gorta agus trioblaidean ann : 's iad sin toiseach dhòruinnean<sup>u</sup>.

9 Ach thugaibh an aire dhuibh féin : oir bheir iad thairis sibh do chomhairlibh : agus anns na sionagogaibh sgiùrsar sibh, agus cuirear sibh an làthair uachdarana agus righrean air mo shonsa, mar fhianuis dhoibhsan<sup>a</sup>.

10 Agus is éigin air tùs an soisgeul a bhi air a shearmonachadh do na h-uile chinneachaibh.

11 Ach an uair a bheir iad leo sibh, 'gar tabhairt thairis, na biodh e na ro-chùram oirbh ciod e a labhras sibh, agus na smuainichibh roimh-laimh air : ach ge b'e ni a bheirear dhuibh san uair sin féin, abraibh e : oir cha sibhse ta labhairt, ach an Spiorad naomh.

12 Agus bheir am bràthair a bhràthair thairis chum bàis, agus an t-athair a mhac : agus éiridh a' chlann suas an aghaidh am pàranta, agus bheir iad fa'near an cur gu bàs.

13 Agus bithidh sibh air bhur fuathachadh leis na h-uile dhaoineibh air sgàth m'ainmese : ach an ti a

<sup>s</sup> peanas, damnadh. <sup>t</sup> iomraidhear. <sup>u</sup> àmhghara. <sup>a</sup> 'nan aghaidhsan.



bhuanaicheas chum na crìche, 's e so a shaorar.

14 Ach an uair a chi sibh gràin-ealachd an léir-sgrìos, air an do labh-air Daniel am fáidh, 'n a seasamh anns an ionad nach bu chòir dh'i (tuigeadh an ti a leughas) an sin teicheadh iadsan, a ta ann an tìr Iudea, chum nam beann:

15 Agus na d'thigeadh esan a ta air mullach an tighe, a nuas do'n tigh, agus na rachadh e steach, a thoirt ni air bith as a thigh.

16 Agus an ti 'ta sa' mhachair, na pilleadh e air ais a thogail fhalluinge leis.

17 Ach mo thruaigh iad na mnàin sin a ta toirrach, agus iadsan a ta toirt cìche sna làithibh sin!

18 Agus guidhibhse gun bbur teicheadh a bli sa' gheamhradh.

19 Oir bithidh àmhghar anns na làithibh sin, amhuil nach robh a leithid ann o thoiseach na cruithachd a chruthaich Dia, gus a nis, agus nach mò a bhitheas.

20 Agus mur giorraicheadh an Tighearn na làithean ud, cha rachadh feoil air bith as: ach air son an t-sluaigh thaghta, a thagh e féin, ghiorraich e na làithean ud.

21 Agus an sin ma their neach air bith ribh, Feuch, a ta Crìosd an so, no, Feuch, a ta e 'n sin, na creidibh e.

22 Oir éiridh Crìosdan bréige, agus fàidhean bréige, agus ni iad comharan, agus mìorbhuilean, chum, nam bu chomasach e, na daoine taghta féin a mhealladh.

23 Ach thugaibhs' an aire: feuch, roimh-innis mi dhuibh na h-uile nithe.

24 Ach anns na làithibh sin, an déigh an àmhghair ud, bithidh a' ghrian air a dorchachadh, agus cha toir a' ghealach a solus uaipe<sup>b</sup>:

25 Agus tuitidh reulta nèimhe, agus bithidh na cumhachdan a ta sna nèamhaibh air an crathadh.

26 Agus an sin chi iad Mac an duine a' teachd anns na neulaibh, maille ri mòr chumhachd, agus glòir.

27 Agus an sin cuiridh e aingil a mach, agus cruinnichidh e r'a chéile a dhaoine taghta féin o na ceithir

gaothaibh, o leth-iomall na talmhainn gu leth iomall nèimhe.

28 A nis fòghlumaibh cosamhlachd o 'n chraoibh-fhìge: an uair a bhith-eas a geug a nis maoth, agus a chuireas i mach a duilleach, a ta fhios agaibh gu bheil an samhradh am fagus:

29 Agus mar an ceudna sibhse, an uair a chi sibh na nithese tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil e 'm fagus, eadhon aig na dorsaibh.

30 Gu deimhin a deirim ribh, nach dtheid an linn<sup>c</sup> so thairis, gus an coimhlionar na nithese uile.

31 Theid nèamh agus talamh seach: ach cha dtheid m' fhocailse seach a choidhch.

32 Ach cha 'n'eil fios an là no na h-uaire sin aig neach air bith, cha 'n'eil aig na h-ainglibh a ta air nèamh, no aig a' Mhac, ach aig an Athair.

33 Thugaibh fa'near, deanaibh faire agus ùrnuigh: oir cha 'n'eil fhios agaibh c'uin a thig an t'àm.

34 Oir a ta Mac an duine mar dhuine a chaidh air thurus, agus a dh'fhàg a thigh fein, agus a thug d'a sheirbhìsch cumhachd, agus obair féin do gach neach, agus a thug àithne do'n dorsair faire a dheanamh.

35 Uime sin deanaibhse faire, (oir cha 'n'eil fhios agaibh c'uin a thig maighstir an tighe; an ann air feasgar, no air mheadhon-oidhche, no aig gairm-choileach, no anns a' mhad-uinn)

36 An t-eagal air teachd dha gu h-obann, gu 'm faigh e sibh 'nar còdal.

37 Agus na nithe a deirim ribhse, a deirim ris na h-uile dhaoineibh, Deanaibh faire.

#### C A I B. XIV.

1 Comhairle an aghaidh Chrìosd. 3 Dhòirteadh ola phrìseil air a cheann.

10 Reic Iudas a Mhaighstir air son airgid. 12 Tha Crìosd fein ag innseadh roimh-laimh cionnus a bha

e gu bhà air a bhrath le h-aon d'a dheiscioblubh. 22 Dh'òraich e a Shuipair, &c.

A GUS bha a' chàisg, agus féisd an arain neo-ghoirtichte an

déigh dà latha : agus dh'iarr na h-àrd shagairt agus na scriobhuichean, cionnus a ghlacadh iad esan le feill, agus a chuireadh iad gu bàs e.

2 Ach thubhairt iad, Cha 'n ann air an fhéisd, air eagal gu'n éirich buaireas am measg an t-sluaigh.

3 Agus air bhi dha ann am Betani, ann an tigh Shimoin an lobhair, an uair a bha e 'na shuidhe air bòrd, thainig bean, aig an robh bocsa alabastair do ola spicnaird, ro luachmhoir; agus bhris i 'm bocsa, agus dhòirt i air a cheann e.

4 Agus bha cuid diubh diombach annta fein, agus ag radh, C'ar son a rinneadh an t-ana-caitheadh so air an ola ?

5 Oir dh'fheudadh i bhi air a reiceadh air son tuilleadh 's tri cheud peghinn, agus air a toirt do na bochdaibh. Agus rinn iad gearan 'na h-aghaidh.

6 Ach thubhairt Iosa, Leigibh leatha; c'ar son a ta sibh cur dragu oirre? rinn i obair mhaith ormsa.

7 Oir a ta na bochdan a ghnàth maille ribh, agus ge b'e uair is àill libh, feudaidd sibh maith a dheanamh dhoibh: ach cha 'n'eil mise a ghnàth agaibh.

8 Rinn i na dh'fheudadh i: thainig i roimh-laimh a dh'ùngadh mo chuirp chum adhlaic.

9 Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e ball air bith air feadh an domhain uile am bi an soisgeul so air a shearmonachadh, bithidh mar an ceudna an nì so a rinn i air innseadh, mar chuimhne oirre,

10 Agus dh'imich Iudas Iscariot, aon do'n dà fhear dheug, chum nan àrd shagart, gu esan a bhrath dhoibh.

11 Agus air dhoibhsan so a chluinntinn, bha iad aoibhneach, agus gheall iad airgid a thoirt da. Agus dh'iarr e cionnus a dh'fheudadh e gu h-iomchuidh esan a bhrath.

12 Agus air a' cheud là do fhéisd an arain neo-ghoirtichte, an uair bu ghnàth leo an t-uan càisge a mharbhadh, a deir a dheisciobuil ris, C'àit an toil leat sinne dhol a dh'ulluchadh, clum's gu'n itheadh tu chàisg?

13 Agus chuir e dithis d'a dheisciobluibh. agus a deir é riu, Rachaidh a steach do'n bhaile, agus coinnichidh duine sibh a' giulan soithich uisge: leanaidh e.

14 Agus ge b'e àit an dtheid e stigh, abraidhse ri fear-an-tighe, A deir am Mhaighstir, C'àit am bheil an seomar aoidheachd, anns an ith mi a' chàisg maille re m' dheisciobluibh?

15 Agus nochdaidh esan dhuibh seomar àrd, farsaing, 'na làn uidheam agus deasuichte: an sin ulluichibh dhuinn.

16 Agus chaidh a dheisciobuil a mach, agus thainig iad do'n bhaile, agus fhuair iad mar thubhairt e riu: agus dh'ulluich iad a' chàisg.

17 Agus air teachd do'n fheasgar, thainig esan maille ris an dà fhear dheug.

18 Agus an uair a bha iad 'nan suidhe, agus ag itheadh, thubhairt Iosa, Gu deimhin a deirim ribh, gu'm brath aon agaibhse, a ta 'g itheadh maille rium, mise.

19 Agus thòisich iad air a bhi dubhach, agus a radh ris an déigh a chèile, Am mise e? agus fear eile, Am mise e?

20 Agus air freagairt dhasan thubhairt e riu, Is fear do'n dà fhear dheug e, a ta tumadh maraon riumsa sa mheis.

21 A ta Mac an duine gu deimhin ag imeachd, mar a ta e scriobhta uime, ach is an-aoibhinn do'n fhear sin le m' brathar Mac an duine: bu mhaith do'n duine sin mur beirte riamh e.

22 Agus ag itheadh dhoibh, ghlac Iosa aran, agus an déigh a bheannachadh, bhris e, agus thug e dhoibhsan e, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh: is e so mo chorp-sa.

23 Agus air glacadh a' chupain, agus air breith buidheachais, thug e dhoibhsan e: agus dh'òl iad uile as.

24 Agus thubhairt e riu, Is i so m'fhuilse na Tìomna'-nuaidh, a dhòirtear air son mhòrain.

25 Gu deimhin a deirim ribh, Nach òl mi nì's mò do thoradh na fionain d' agus an là sin an òl mi nuadh e ann an rioghachd Dhé.

26 Agus air dhoibh laoidh a sheinn,



chaidh iad a mach gu sliabh nan crann-ola.

27 Agus thubhairt Iosa riu, Gheibh sibh uile oilbheum annams' an nochd : oir a ta e scrìobhta, Buailidh mi am buachaille, agus sgapar na caoraich.

28 Ach an déigh dhomh éirigh, théid mi roimhibh do Ghalile.

29 Ach thubhairt Peadar ris, Ge do gheibh iadsan uile oilbheum annad, gidheadh cha 'n fhaigh mise e.

30 Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a deirim riut, an diugh, air an oidhche so féin, mu'n goir an coileach dà uair, gu'n àicheadh thusa mi tri uairean.

31 Ach is ro mhòid a thubhairt esan, Ge do 's éigin domh am bàs fhulang maille riut, cha'n àicheadh mi choidhch thu. Agus mar sin thubhairt càch uile mar an ceudna.

32 Agus thainig iad gu ionad d'am b'ainm Getsemane; agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, Suidhibhs' an so, gus an dean mise ùrnuigh.

33 Agus thug e leis Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus thòisich e air a bhi fuidh uamh-chrith, agus fuidh anabarra bròin.

34 Agus thubhairt e riu, Tha m'an-am ro bhrònach, eadhon gu bàs: fainibhs' an so, agus deanaibh faire.

35 Agus air dol beagan air aghaidh dha, thuit e air an talamh, agus rinn e ùrnuigh, nam bu chomasach e, gu'n rachadh an uair thairis air.

36 Agus thubhairt e, Abba, Athair, a ta gach ni so-dheanta dhuitse, cuir an cupan so seachad orm: gidheadh, nìor b'e an ni a b'àill leamsa, ach an ni a's toil leatsa.

37 Agus thainig e, agus fhuair e iadsan 'nan codal, agus thubhairt e ri Peadar, A Shimoin, am bheil thu a'd' chodal? nach b'urrainn thu faire a dheanamh aon uair?

38 Deanaibh faire agus ùrnuigh, chum nach tuit sibh am buaireadh: a ta 'n spiorad gu deimhin togarrach, ach a ta 'n fheoil anmhunn'e.

39 Agus air dha imeachd a ris, rinn e ùrnuigh, ag radh nam briathar ceudna.

40 Agus air pilltinn dha, fhuair e iad a ris 'nan codal, (oir bha 'n sùilean trom) agus cha robh fhios aca cionnus a bheireadh iad freagradh air.

41 Agus thainig e 'n treas uair, agus thubhairt e riu, Coidlibh roimhibh a nis, agus gabhaibh fois: is leoir e, thainig an uair; feuch, a ta Mac an duine air a bhrath thairis do làmh-aibh nam peacach.

42 Eiribh, imicheamaid; feuch, a ta 'n ti a bhrathas mise am fagus.

43 Agus air ball, air dha bhi fathast a' labhairt, thainig Iudas, aon do'n dà fhear dheug, agus sluagh mòr maille ris le cloidhibh agus bataibh, o na h-ard shagartaibh, agus na scrìobhuichibh, agus na seanairibh.

44 Agus bha 'n ti a bhrath esan air toirt comharaidh dhoibh, ag radh, Ge b'e neach d'an d'thoir mise pòg is e sin e; glacaibh e, agus thugaibh libh e gu tèaruinte.

45 Agus air teachd dha, chaidh e air ball d'a ionnsuidhs', agus thubhairt e, Fàilte dhuit, a mhaighstir; agus phòg se e.

46 Agus chuir iadsan làmh: ann, agus ghlac iad e.

47 Agus air tarruing claidheimh a dh'fhear do na bha làthair, bhual e òglach an àrd shagairt, agus ghearr e chluas deth.

48 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, An d'thainig sibh a mach gu m' ghlacadhsa, mar gu b'ann an aghaidh fir-reubainn le cloidhibh agus le bataibh?

49 Bha mi gach là maille ribh'san teampull, a' teagasg, agus cha do ghlac sibh mi: ach a ta so chum gu biodh na scrìobtuirean air an coimhlionadh.

50 Agus air do na h-uile a thréig-sinn, theich iad.

51 Agus lean òganach àraidh e, aig an robh lion-eudach air a chur m'a chorp lomnochd; agus rug na h-òganaich air.

52 Ach air dhasan an lìon-eudach fhàgail, theich e lomnochd uatha.

53 Agus thug iad leo Iosa chum an ard shagairt: agus chruinnicheadh maraon ris na h-àrd shagairt uile,

agus na seanairean, agus na sgrìobh-  
uichean.

54 Agus lean Peadar e fada uatha,  
agus an deachaidh e steach do thalla  
an àrd shagairt: agus bha e 'na  
shuidhe maille ris na seirbhisich, agus  
'ga gharadh ris an teine.

55 Agus dh'iarr na h-àrd shagairt,  
agus a' chomhairle uile fianuis an agh-  
aidh Iosa, chum a chur gu bàs; agus  
cha d'fhuair iad.

56 Oir rinn mòran dhaoine fianuis  
bhréige 'na aghaidh, ach cha do chòird  
am fianuis r'a chèile f.

57 Agus air do dhream àraidh éir-  
igh, thug iad fianuis bhréige 'na agh-  
aidh, ag radh,

58 Chuala sinne e 'g radh, Leag-  
aidh mi sìos an teampull so, a rinn-  
eadh le làmhaidh, agus an trì làithibh,  
togaidh mi teampull eile, neo-dheanta  
le làmhaidh.

59 Agus mar sin féin cha robh am  
fianuis a' teachd r'a chèile.

60 Agus air éirigh suas do'n ard  
shagart sa' mheadhon, chuir e ceisd  
air Iosa, ag radh, Nach d'thoir thu  
freagrachd air bith uait? ciod sin mu  
bheil iad so a' toirt fianuis a'd' agh-  
aidh?

61 Ach d'fhan esan 'na thosd, agus  
cha do fhreagair e ni sam bith. A  
ris dh'fheadraich an t-ard shagart deth  
agus thubhairt e ris, An tu Crìosd,  
Mac an Tì bheannuichte?

62 Agus thubhairt Iosa, Is mi:  
agus chì sibh Mac an duine 'na  
shuidhe air deas làimh cumhachd Dhé,  
agus a' teachd le neulaibh nèimhe.

63 An sin reub an t-àrd shagart  
eudach, agus thubhairt e, Ciod am  
feum a ta againn tuilleadh air fian-  
uisibh?

64 Chuala sibh an toibheum: ciod i  
bhur barails? Agus thug iad uilebreth  
'na aghaidh gu'n do thoill e 'm bàs.

65 Agus thòisich cuid diubh air  
smugaid a thilgeadh air, agus aghaidh  
fholach, agus a bhualadh le 'n dorn-  
aidh, agus a radh ris, Dean fàidh-  
eadaireachd: agus ghabh na seir-  
bhisich le 'm basaibh air.

66 Agus air do Pheadar a bhi

shìos anns an talla, thainig aon do  
bhan-oglaichibh an àrd shagairt:

67 Agus air faicinn Pheadair 'ga  
gharadh, agus air dh'i beachdachadh  
air, thubhairt i ris, Bha thusa cuid-  
eachd maille ri h-Iosa o Nasaret.

68 Ach dh'àicheadh esan, ag radh,  
Cha'n àithne dhomh, agus cha 'n'eil  
mi tuigsinn ciod a ta thu 'g radh.  
Agus chaidh esan a mach do'n fhor-  
dhorus<sup>g</sup>; agus ghoir an coileach.

69 Agus air do bhan-oglaich faic-  
inn a ris, thòisich i air a radh riu-san  
a bha 'nan seasamh a làthair, Is ann  
diubh a ta 'm fear so.

70 Agus dh'àicheadh e ris. Agus  
an ceann beagain 'na dhéigh sin,  
thubhairt iadsan a bha 'nan seasamh  
a làthair a ris ri Peadar, Gu firinn-  
each 's ann diubh sud thu: oir is  
Galiléach thu, agus is cosmhuil do  
chainnt riu.

71 Ach thòisich esan air mallachadh  
agus mionnachadh, ag radh, Cha 'n  
aithne dhomh an duine so mu 'm  
bheil sibh a' labhairt.

72 Agus ghoir an coileach an dara  
uair. Agus chuimhnich Peadar am  
focal a thubhairt Iosa ris, Mù 'n goir  
an coileach dà uair, àicheadhaidh tu  
mi trì uairean. Agus an uair a  
smuainich e air, ghuil e.

## C A I B. XV.

- 1 *A ta Iosa air a thabhairt ceangailte*  
*an làthair Philait.* 15 *Air son*  
*gladhaich an t-sluaigh tha mort-*  
*air, eadhon Barabas, air a leigeil*  
*as, agus Iosa air a thoirt thairis gu*  
*bhi air a cheusadh:* 17 *Tha coron*  
*sgithich air a chur air,* 19 *chaidh*  
*smugaid a thilgeadh air,* 20 *agus*  
*fanoid a dheanamh air.* 21 *Tha*  
*fannachadh le grùlan a' chroinn-*  
*cheusaidh;* 27 *air a chrochadh ead-*  
*ar dà ghaduiche; &c.*

**A** GUS air ball sa' mhaduinn  
chum na h-àrd shagairt maille  
ris na seanairibh, agus na sgrìobh-  
uichibh, agus a' chomhairle gu h-iom-  
lan, comhairle, agus air dhoibh Iosa  
a cheangal, thug iad leo e, agus thug  
iad thairis e do Philat.

f cha robh am fianuis ionann, cha d'fhoghainn am fianuis.

g ugh-dorus, sgàth-thigh.



2 Agus dh'fheòraich Pilat deth, An tusa rìgh nan Iudhach? Agus air freagairt dha, thubhairt e ris, Thubhairt thu e.

3 Agus chuir na h-àrd shagairt mòran do nithibh as a leth: ach cha do fhreagair esan aon ni.

4 Agus chuir Pilat a ris ceist air, ag radh, Nach freagair thu ni sam bith? feuch cia lìon nithe air am bheil iad sin a' toirt fianuis a'd' aghaidh.

5 Ach cha do fhreagair Iosa ni sam bith tuilleadh; air chor as gu'n do ghabh Pilat iongantais.

6 A nis air an fhéisd bu ghnàth leis aon phriosunach, ge b'e air bith a dh'iarradh iad, a leigeadh as doibh.

7 Agus bha neach àraidh d'am b'ainm Barabas, ceangailte maille r'a chompanachaibh ceannairce, nuinntir a bha air deanamh mortaidh anns a' cheannairce.

8 Agus air glaothaich gu h-àrd do 'n t-sluagh, thòisich iad air iarraidh air, a dheanamh dhoibh mar a rinn e 'n còmhnuidh.

9 Ach fhreagair Pilat iad, ag radh, An àill libh gu'n cuir mi rìgh nan Iudhach fa sgaoil duibh?

10 (Oir bha fhios aige gu'm b'ann tre fharmad a thug na h-àrd shagairt thairis e)

11 Ach bhrosnaich na h-àrd shagairt an sluagh, chum as gu'm b'fhear leis Barabas a chur fa sgaoil doibh.

12 Agus fhreagair Pilat, agus thubhairt e riu a ris, Ciod ma seadh is àill libh mi a dheanamh ris an duine sin, d' an goir sibh Rìgh nan Iudhach?

13 Agus ghlaodh iad a ris, Ceus e.

14 An sin thubhairt Pilat riu, C'ar son, ciod e 'n t-olc a rinn e? Ach bu ro mhòid a ghlaodh iadsan, Ceus e.

15 Agus air do Philat bhi toil-each gnìomh taitneach a dheanamh do'n t-sluagh, dh'fhuasgail e Barabas dhoibh, agus thug e thairis Iosa, an déigh dha a sgiùrsadh, chum a cheusaidh.

16 Agus thug na saighdearan leo

e steach do'n talla, eadhon cùirt an uachdarain<sup>h</sup>: agus ghairm iad a' chuideachd uile an ceann a chéile.

17 Agus chuir iad uime eudach purpui, agus air dhoibh coron droighinn fhigheadh, chur iad air e,

18 Agus thòisich iad air beannachadh dha, ag radh, Fàilte dhuit, a Rìgh nan Iudhach.

19 Agus bhuail iad sa' cheann e le slait chuilce, agus thilg iad smugaid air, agus a' lùbadh an glùn, thug iad urram dha.

20 Agus an déigh dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad deth an t-eudach purpui, agus chuir iad eudach féin uime, agus thug iad a mach e chum's gu'n ceusadh iad e.

21 Agus dh'éignich iad duine àraidh bhla dol seachad, - Simon o Chirene, (athair Alecsandair agus Rufuis, a bha teachd as a' mhachair,) chum a chrann-ceusaidh a ghiùlan.

22 Agus thug iad e gu ionad d'am b'ainm Golgota, 's e sin air eadar-theangachadh, àite cloiginn.

23 Agus thug iad da r'a òl, fion air a mheasgadh le mirr: ach cha do ghabh esan e.

24 Agus an uair a cheus iad e, roinn iad a thruscan, a' tilgeadh croinn air, ciod a' chuid a bhiodh aig gach duine dheth.

25 Agus bha 'n treas uair ann, agus cheus iad e.

26 Agus bha scrìobhadh a chùis-dhithidh air a scrìobhadh os a cheann, RÌGH NAN IUDHACH.

27 Agus cheus iad maille ris dà ghaduiche<sup>l</sup>; fear air a làimh dheis, agus fear air a làimh chli

28 An sin choimhlionadh an scrìob-tuir, a thubhairt, Agus bha e air àir-eamh am measg nan ciontach.

29 Agus thug iadsan a bha dol seachad anacainnt dà, a' crathadh an ceann, agus ag radh, O thusa a leagas an teampull, agus a thogas e ann an trì làithibh,

30 Fòir ort fein, agus tàr<sup>m</sup> a nuas o'n chrann-cheusaidh.

31 Agus mar an ceudna thubhairt na h-àrd shagairt agus na scrìobh-

<sup>h</sup> pretorium.    <sup>i</sup> corcuir.    <sup>l</sup> dà chreachadair, dà fhear-reubainn.  
<sup>m</sup> thig.

uichean r'a chéile, a' fanoid air, Shaor e daoine eile, cha 'n'eil e comasach air e féin a shaoradh.

52 Thigeadh a nis Criosd Rìgh Israeil a nuas o'n chrann-cheusaidh, chum's gu'm faic agus gu'n creid sinn. Agus thug iadsan a chaidh cheusadh maille ris, anacainnt da.

53 Agus an uair a thainig an seathadh uair, bha dorchadas air an talamh uile, gu ruig an naothadh uair.

54 Agus air an naothadh uair dh'éigh Iosa le guth àrd, ag ràdh Eloì, Eloì, lama sebachtanì? is e sin, air eadar-theangachadh, Mo Dhia, Mo Dhia, c'ar son a thréig thu mi?

55 Agus air cluinntinn sin do chuid diubhsan a bha 'nan seasamh a làthair, thubhairt iad; Feuch, a ta e gairm Eliais.

56 Agus ruith fear diubh, agus air dha spòg a lionadh do fhìon geur agus a cur air slait chuilce, thug e deoch dha, ag ràdh, Leigibh leis; faiceamaid an dthig Elias g'a thoirt a nuas,

57 Agus air do Iosa éigheach le guth àrd, thug e suas an deo.

58 Agus bha brat-roinn an teampuill air a reubadh 'na dhà chuid o mhullach gu ìochdar.

59 Agus an uair a chunnaic an ceannard-ceud, a bha 'na sheasamh fa chomhair, gu'n d'thug e suas an deo, a' glaochadh mar sin, thubhairt e, Gu fìrinneach b'e 'n duine so Mac Dhé.

40 Agus bha mar an ceudna mnàì am fad uatha ag amharc: 'nam measg sin bha Muire Magdalen. agus Muire màthair Sheumais ba lugha, agus Ioseis, agus Salome;

41 Muinntir a lean e mar an ceudna, an uair a bha e an Galile, agus a bha frithealadh dha; agus mòran eile do mhnaibh a chaidh suas maille ris gu Hierusalem.

42 Agus a nis air teachd do'n fheasgar, (do bhrìgh gu'm b'e là an ullachaidh e, eadhon an là roimh 'n t-sàbaid)

43 Thainig Ioseph o Arimatea, conhairleach urramach, aig an robh

mar an ceudna sùil ri rioghachd Dhé, agus chaidh e steach gu dana dh'ionnsuidh Philait, agus dh'iar e corp Iosa.

44 Agus b'ìoghnadh le Pilat ma bha e cheana marbh: Agus air dha an ceannard-ceud a ghairm, dh'fheòraich e dheth, An robh fad o fhuair e bàs.

45 Agus air dha fios fhaotainn o'n cheannard-ceud, thug e 'n corp do Ioseph.

46 Agus cheannaich esan lìon-eudach grinn, agus thug e nuas e, agus phaisg e san lìon-eudach e, agus chuir se e ann an uaigh<sup>n</sup> a chladhaicheadh a carraig, agus charuich e clach gu dorus na h-uaighe.

47 Agus dh'amhairc Muire Magdalen, agus Muire màthair Ioseis, air an àit an do chuireadh e.

## C A I B. XVI.

1 Chuir aingeal an céill aiseirigh Criosd do thrì mnaibh. 9 Dh'fhoillsicheadh Criosd do Mhuire Magdalen: 12 Chunnacas e le dithis, a bha dol do'n dùthaich; 14 an déigh sin leis na h-Abstoil, 15 a chuir e mach a shearmonachadh an t-soisgeil: 19 Agus chaidh e féin suas gu nèamh.

**A** GUS air dol do'n t-sàbaid seachad, cheannaich Muire Magdalen, agus Muire màthair Sheumais, agus Salome, spìosraidh deadh bholuidh<sup>o</sup>, chum's air dhoibh teachd gu'n ùngadh iad e.

2 Agus thainig iad gu ro mhoch airmaduinn a' cheud là do'n t-seachdain chum na h-uaighe, aig éirigh na gréine.

3 Agus thubhairt iad eatorra féin, Cò a charuicheas duinn a' chlach o dhorus na h-uaighe?

4 (Agus air dhoibh amharc, chunnaic iad gu'n robh a' chlach air a h-atharrachadh air falbh) oir bha i ro mhòr.

5 Agus air dhoibh dol a stigh do'n àit-adhlacaidh, chunnaic iad òganach 'na shuidhe air an làimh dheis, uim' an robh truscan fada geal; agus bha eagal orra.

6 Agus thubhairt esan riu, Na



biodh eagal oirbh: a ta sibh ag iarraidh Iosa o Nasaret, a chéusadh: dh'éirich e, cha 'n'eil e 'n so: faicibh an t-àit anns an do chuir iad e,

7 Ach imichibh, innsibh d'a dheis-ciobluibh agus do Pheadar, gu 'm bheil e dol roimhibh do Ghalile: chi sibh an sin e, mar thubhairt e ribh.

8 Agus air dol a mach dhoibh, theich iad o'n uaigh; oir bha ball-chrith agus uamhunn orra: agus cha dubhairt iad ni sam bith ri neach air bith; oir bha eagal orra.

9 Agus air éirigh do Iosa sa' mhaduinn air a' cheud là do'n t-seachduin, nochdadh e air tùs do Mhuire Magdalen, as an do thilg e saachd deamhain.

10 Agus air imeachd dh'ise, dh'innis i sin dhoibhsan a bha maille ris, agus iad ri bròn agus gul.

11 Agus iadsan, an uair a chual iad gu'n robh e beo, agus gu 'm facadh leatha-san e, cha do chreid iad.

12 'Na dhéigh sin, nochdadh e do dhithis diubh ann an cruth eile, ag imeachd dhoibh, agus iad a' dol do'n dùthaich.

13 Agus dh'imich iadsan agus dh'innis iad e do chàch: agus cha mhò a chreid iad iadsan.

14 An déigh sin nochdadh e do 'n

aon fhear deug, agus iad 'nan suidhe aig biadh, agus thilg e orra am mi-chreidimb, agus an cruas-cridhe, chionn nach do chreid iad iadsan a chunnaic e an déigh dha éirigh.

15 Agus thubhairt e riu, Imichibh air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach dùilp.

16 Ge b'e chreideas agus a bhaistear, saorar e, ach ge b'e nach creid, dìtear e.

17 Agus leanaidh na comharan so'n dream a chreideas: Ann am ainmse tilgidh iad a mach deamhain, labhraidh iad le<sup>r</sup> teangaibh nuadha,

18 Togaidh siad nathraiche nimhe, agus ma dh'òlas iad ni air bith marbhtach, cha chiùrr e iad; cuiridh iad an làmhnan air daoineibh tinne, agus bithidh iad gu maith.

19 Mar sin an déigh do 'n Tigh-earna labhairt riu, ghabhadh suas gu nêamh e, agus shuidh e air deas làimh Dhé.

20 Agus air dhoibhsan dol a mach, shearmonaich iad anns gach àit, air bhi do 'n Tighearn a' comh-oibreachadh leo, agus a' daingneachadh an fhocail leis na comharaibh a lean e, Amen.

## AN SOISGEUL A REIR LUCAIS.

### C A I B. I.

1 Roimh-radh Lucais d'a shoisgeul gu h-ìomlan. 5 Tha Eoin Baiste air a ghabhail am broinn a mhàthar, 26 agus Crìosd air a ghabhail am broinn Mhuire. 39 Fàidheadair-eachd Elisabet, agus Mhuire mu shìmhchioll Chrìosd, &c.

**D**O bhrìgh gu'n do ghabh mòran ann an ordugh air na nithibh sin a ta air an coimhlionadh s 'nar measgne,

2 A réir mar a dh'aithris na daoine

sin dhuinne iad, a chunnaic iad o thùs le 'n sùilibh, agus a bha 'nan luchd frithealadh an fhocal:

3 Chunncas dombsa mar an ceudna, a Theophiluis ro òirdheirc, air faotainn dearbh fhios nan uile nithe dhomh o'n fhìor thoiseach, sgrìobhadh a'd' ionnsuidhs' an ordugh,

4 Chum's gu'm biodh fios agad air cinnteachd nan nithe anns an deachaidh do theagasg.

5 **B**HA ann an làithibh Heroid Brìgh Iudea, sagart àraidh d'am

b'ainm Sacharias, do shealt<sup>t</sup> Abia: agus bha a bhean do nigheanaibh Aaroin, agus b'ainm dh'i Elisabet.

6 Agus bha iad faraon ionraic am fianuis Dé, ag imeachd ann an uile àitheantaibh agus orduighibh an Tighearna, gu neo-lochdach.

7 Agus cha robh duine cloinne aca, do bhrìgh gu'n robh Elisabet neo-thorach<sup>u</sup>, agus bha iad araon aosmhor.

8 Agus tharladh am feadh a bha esan a' frithealadh mar shagart an làthair Dhé ann an ordugh a sheala,

9 A réir gnàtha na sagartachd, b'e a chrannchur tùis a losgadh, air dha dol a steach do theampull an Tighearna.

10 Agus bha coimhthional an t-sluaigh uile a' deanamh ùrnuigh a muigh, ré àm na tùise.

11 Agus chunncas leis-san aingeal an Tighearna 'na sheasamh air taobh deas altaire na uaire.

12 Agus an uair a chunnaic Sacharias e, bha e fuidh thrioblaid, agus thuit eagal air.

13 Ach thubhairt an t-aingeal ris, Na gabh eagal, a Shachariais; oir fhuair t-ùrnuigh éisdeachd, agus beiridh do bhean Elisabet mac dhuit, agus bheir thu Eoin mar ainm air.

14 Agus bithidh aoibhneas agus subhachas ort, agus nì mòran gairdeachas r'a bhreith.

15 Oir bithidh e mòr an làthair an Tighearna, agus cha'n òl e fion no deoch làidir; agus bithidh e air a lìonadh leis an Spiorad naomha, eadhon o bhroinn a mhàthar.

16 Agus pillidh e mòran do chloinn Israeil chum an Tighearna an Dé.

17 Agus théid e roimhe-san ann an spiorad agus ann an cumhachd Eliais, a thionndadh cridhe nan aithriche chum na cloinne, agus nan easumhal gu gliocas nam firean, a dh'ulluchadh pobuill deas do 'n Tighearn.

18 Agus thubhairt Sacharias ris an aingeal, Cionnus a bhios fhios so agam? oir is seann duine mise, agus a ta mo bhean aosmhor.

19 Agus fhreagair an t-aingeal agus thubhairt e ris, Is mise Gabriel

a sheasas an làthair Dhé: agus chuir-eadh mi a labhairt riutsa, agus a dh'inneadh an naidheachd<sup>a</sup> inhaith so dhuit.

20 Agus feuch, bithidh tu balbh agus gun chomas labhairt, gus an là anns an d'thig na nithese gu crìch, chionn nach do chreid thu mo bhriathrasa, a bhitheas air an coimhlionadh 'nan àm féin.

21 Agus bha 'm phobull a' feith-eamh ri Sacharias, agus b'iongantach leo a' mhoille a rinn e san teampull.

22 Agus air teachd a mach dha, cha b'urrainn e labhairt riu: agus thuig iad gu 'm fac e sealladh<sup>b</sup> nèamhaidh<sup>b</sup> san teampull: oir bha e smèideadh orra, agus dh'fhan e 'na thosd.

23 Agus tharladh, an uair a choimhlionadh làithean a fhrithealaidh, gu 'n deachaidh e d'a thigh féin.

24 Agus an déigh nan là sin dh'fhàs a bhean Elisabet torrach agus dh'fholaich si i féin rè chùig mìos, ag ràdh,

25 Is ann mar so a rinn an Tighearna dhomh anns na làithibh an d'amhaire e orm, a thogail diom mo mhaslaidh am measg dhaoine.

26 Agus anns an t-seathadh mìos, chuireadh an t-aingeal Gabriel o Dhia, gu cathair do Ghalile, d'am b'ainm Nasaret,

27 Dh'ionnsuidh òigh a bha fa cheangal pòsaidh aig fear d'am b'ainm Ioseph, do thigh Dhaibhidh; agus b'e ainm na h-òigh Muire.

28 Agus air dol a steach do 'n aingeal d'a h-ionnsuidh, thubhairt e, Fàilte dhuit, o thusa d'an do nochdadh mòr dheadh-ghean, a ta 'n Tighearna maille riut: is beannuichte thu am measg bhan.

29 Agus an uair a chunnaic i e, bha i fa thrioblaid inntinn air son a chainnte, agus a' reusonachadh ciod a' ghnè altacha-beatha dh'fheudadh bhi 'n so.

30 Agus thubhairt an t-aingeal rithe, Na biodh eagal ort, a Mhuire: oir fhuair thu deadh-ghean o Dhia.

31 Agus feuch, gabhaidh tu a'd'

<sup>t</sup> chùrsa, roinn. <sup>u</sup> gun sliochd. <sup>a</sup> nuaidheachd, noimheachd, <sup>b</sup> taisbean.



bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air.

52 Bithidh e mòr, agus goirear Mac an Tì a's ro àirde dheth; agus bheir an Tighearna Dia dha rìgh-chaithir athar fein Dhaibhidh.

53 Agus bithidh e 'na Rìgh air tigh Iacoib gu bràth, agus cha bhi crìoch air a rìoghachd.

54 Agus thubhairt Muire ris an aingeal, Cionnus a bhitheas so, do bhrìgh nach 'eil aithne agamsa air duine?

55 Agus fhreagair an t-aingeal agus thubhairt e rithe, Thig an Spiorad naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Tì a's àirde sgàil ort: uinne sin an ni naomha sin a bheirear leat, goirear Mac Dé dheth.

56 Agus feuch, do bhan-charaid Elisabet, a ta ise fein torrach air mac 'na sean aois; agus 's e so an seathadh mìos dh'ise d'an goirteadh bean neo-thorach;

57 Oir cha 'n'eil ni sam bith do-dheanta do Dhia.

58 Agus thubhairt Muire, Feuch ban-oglach an Tighearna, biodh e dhomhsa réir t-fhocail. Agus dh'fhalbh an t-aingeal uaipe<sup>c</sup>.

59 Agus air éirigh do Mhuire sna làithibh sin, chaidh i le cabhaig do dhùthaich nam beann, gu baile do Iuda,

40 Agus chaidh i steach do thigh Shachariais, agus chuir i fàilte air Elisabet.

41 Agus tharladh an uair a chual Elisabet beannachadh Mhuire, gu'n do leum an naoidhean 'na broinn: agus lìonadh Elisabet leis an Spiorad naomha.

42 Agus ghlaodh i mach le guth àrd, agus thubhairt i, Is beannuicht' thu am measg bhan, agus is beannuichte toradh do bhronn.

43 Agus cionnus a dh'éirich so dhomhsa, gu'n d'thigeadh màthair mo Thighearna a'm' ionnsuidh?

44 Oir feuch, co luath 's a thainig fuaim do bheannachaidh a'm' chluas-aibh, bhriosg an naoidhean le h-aoibhneas ann mo bhroinn.

45 Agus is beannuicht' ise a

chreid: oir coimhlionar<sup>d</sup> na nithe a labhradh rithe leis an Tighearna.

46 Agus thubhairt Muire, A ta m'anam ag àrd-mholadh an Tighearna,

47 Agus a ta mo spiorad a' deanamh gairdeachais ann an Dia mo Shlanuighear:

48 Do bhrìgh gu'n d'amhaire e air staid ìosail a bhan-oglaich: oir feuch, o so suas goiridh gach linn beannuichte dhiom.

49 Do bhrìgh gu'n d'rinn an Tì a ta cumhachdach nithe mòra dhomh, agus is naomha ainm.

50 Agus a ta a thròcairsan o linn gu linn, do'n droing d'an eagal e.

51 Nochd e neart le ghairdean, sgap e na h-uabhrich ann an smuaintibh an crìdhe fein.

52 Thug e nuas na daoine cumhachdach o'n caithrichibh rìoghail, agus dh'àrduich e iadsan a bha ìosal.

53 Lìon e 'n droing a bha ocrach le nithibh maith, agus chuir e uaith na daoine saibhre falamh.

54 Rinn e còmhnaidh<sup>e</sup> ri Israel òglach fein, ann an cuimhneachadh a thròcair.

55 Mar a labhair e r'ar n-aithrichibh, do Abraham agus d'a shliochd gu bràth.

56 Agus dh'fhan Muire maille rithe mu thimchioll thri mìos, agus phill i d'a tigh fein.

57 A nis thainig làn inbhe Elisabet, gu'm biodh i air a h-aisead; agus rug i mac.

58 Agus chual a coimhearsnaich agus a càirde mar a nochd an Tighearna mòr thròcair dh'i: agus rinn iad gairdeachas maille rithe.

59 Agus tharladh air an ochdamh là gu'n d'thainig iad a thimchioll-ghèarradh an naoidhean; agus ghoir iad Sacharias deth, a réir ainme athar.

60 Agus fhreagair a mhàthair, agus thubhairt i, Ni h-eadh; ach goirear Eoin deth.

61 Agus thubhairt iad rithe, Cha 'n'eil aon neach do d' chàirdibh d'an goirear an t-ainm so.

62 Agus smèid iad air athair, cìod an t-ainm a b'àill leis thoirt air.

63 Agus air iarraidh clàir-scriobhaidh dhasan, scriobh e, ag ràdh, 'Se Eoin is ainm dha. Agus ghabh iad iongantas uile.

64 Agus air ball dh'fhosgladh a bheul, agus dh'fhuasgladh a theanga, agus labhair e, a' moladh Dhé.

65 Agus thainig eagal air an coimhearsnaich uile: agus dh'aithriseadh na nithe sin gu léir feadh dhùthaich àrd Iudea uile.

66 Agus iadsan uile a chuala na nithe sin, thaisg iad 'nan cridhe iad, ag ràdh, Ciod a' ghnè leinibh a bhitheas an so? Agus bha làmh an Tighearna maille ris.

67 Agus bha Sacharias athair air a lìonadh leis an Spiorad naomh, agus rinn e fàidheadaireachd, ag ràdh,

68 Gu mabeannuicht' an Tighearna Dia Israel, airson gu'n d'fhiosraich e, agus gun d'thug e saorsa d'a phobull,

69 Agus gu'n do thog e suas dhuinne adharc slàinte, ann an tigh Dhaibhidh òglaich féin;

70 A réir mar a labhair e le beul fhàidhean naomha féin, a bha ann o thoiseach an t-saoghail;

71 A thabhairt saorsa dhuinn o ar naimhidibh, agus o làmh na muinntir sin uile le'm fuathach sinn:

72 A choimhlionadh na tràcair a gheall e d'ar n-aithrichibh, agus a chuimhneachadh a choimhcheangail naomha féin:

73 Na mionnan a mhionnaich e d'ar n-athair Abraham,

74 Gu'n d'thugadh e dhuinn, air bhi dhuinn air ar saoradh o làmh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail,

75 Ann an naomhachd agus an am fireantachd 'na làthair féin, uile làithean ar beatha.

76 Agus thusa, a leinibh, goirear dhìot Fàidh an Tì a's àirde: oir thèid thu roimh aghaidh an Tighearna, a dh'ulluchadh a shlighe;

77 A thabhairt còlais na slàinte d'a phobull, ann am maithanas am peac-anna,

78 Tre thròcair ro mhòir ar Déne, leis an d'fhiosraich an ùr-mhaduinn o'n ionad a's àirde sinn,

79 A thoirt soluis dhoibhsan a ta 'nan suidhe ann an sgàil a' bhàis, a threòrachadh ar cos air slighe na sìth.

80 Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh an spiorad e, agus bha e san fhàsach gu là fhoillseachaidh do Israel.

## C A I B. II.

1 *Tha Augustus a' meas Impireachd nan Romhanach uile.* 6 *Breith Chrìosd:* 8 *Tha aingeal a' cur so an cèill do na buachaillibh:* 13 *Tha mòran diubh a' cantuinn cliu do Dhia air a shon.* 21 *Tha Crìosd air a thimchioll-ghearradh.* 28 *Tha Simeon agus Anna a' deanamh fàidheadaireachd mu thimchioll Chrìosd; &c.*

**A** GUS tharladh sna làithibh sin, gu'n deachuidh ordugh a mach o Cheasar Augustus, an domhan uile a mheas f.

2 (Agus rinneadh an ceud mheas so 'nuair a bha Cirenus 'na uachdar-an air Siria)

3 Agus chaidh iad uile chum a bhi air am meas, gach aon fa leth d'a bhaile féin.

4 Agus chaidh Ioseph mar an ceudna suas o Ghalile, a baile Nasaret, do Iudea, gu baile Dhaibhidh, d'an goirear Betlehem, (do bhrìgh gu'n robh e do thigh agus do shliochd Dhaibhidh)

5 Chum gu biodh e air a mheas maille re Muire a bha fa cheangal pòsaidh dha, agus i mòr-thorrach.

6 Agus tharladh, am feadh a bha iad an sin, gu'n do choimhlionadh làithean a h-inbhe, chum i bhi air a h-aisead.

7 Agus rug i a ceud ghin mic, agus phaisg i e am brat-speilidh, agus chuir i 'na luidhe am prasaich e, do bhrìgh nach robh àit aca san tigh òsda.

8 Agus bha anns an dùthaich sin buachaillan a' fantuinn a muigh, agus a' deanamh faire-oidhche air an treud.

9 Agus feuch, thainig aingeal an Tighearn' orra, agus dhealraich glòir



an Tighearna m'an timchioll; agus ghabh iad eagal mòr.

10 Agus thubhairt an t-aingeal riu, Na biodh eagal oirbh: oir feuch, a ta mi 'g innseadh dhuibh deadh sgéil mhòir aoibhneis, a bhitheas do'n uile shluagh:

11 Oir rugadh dhuibh an diugh Slànuighear, ann an cathair Dhaibhidh, néach is e Crìosd an Tighearna.

12 Agus bithidh so 'na chomhara dhuibh: Gheibh sibh an naoidhean pàisgte ann am brat-speilidh, 'na luidhe am prasaich.

13 Agus air ball bha maille ris an aingeal cuideachd mhòr do armailtibh nèimhe, a' moladh Dhé, agus ag ràdh.

14 Glòir do Dhia anns na h-àrd-aibh, agus air talamh sìth, deadh ghean do dhaoineibh.

15 Agus tharladh, 'nuair a dh'fhalbh na h-aingil uatha do nèamh, gu'n dubhairt na buachaill-ean r'a chèile, Rachamaid a nis eadhon do Bhetlehem, agus faiceamaid an nì so a rinneadh, a dh'fhoillsich an Tighearna dhuinne.

16 Agus thainig iad gu grad, agus fhuairead Muire agus Ioseph, agus an leanabh 'na luidhe sa' phrasaich.

17 Agus an uair a chunnaic iad sin, dh'aithris iad an nì a dh'innseadh dhoibh mu thimchioll an leinibh so.

18 Agus ghabh gach neach a chuala so, iongantas ris na nithibh sin a dh'innseadh dhoibh leis na buachaillibh.

19 Ach ghleidh Muire na nithe sin uile, a' beachd-smuaineachadh orra h'na cridhe.

20 Agus phill na buachaill-ean, a' tabhairt glòir agus molaidh do Dhia air son nan nithe sin uile a chual agus a chunnaic iad, a réir mar a dubhradh riu.

21 Agus an uair a choimhlionadh ochd làithean chum an leanabh a thimchioll-ghèarradh, thugadh IOSA mar ainm air, eadhon an t-ainm a ghoir an t-aingeal deth mun do ghabhadh sa' bhroinn e.

22 Agus an uair a choimhlionadh làithean a' glanaidh, a réir lagha Mhaois, thug iad esan gu Hierusalem, chum a thaisbeanadh do'n Tighearna,

23 (Mar a ta e scrìobhta ann an lagh an Tighearna, Gach ceud-ghin mic a dh'fosglas a' bhrù, gairmear naomha do'n Tighearna e)

24 Agus a thabhairt iobairt a réir mar a deirear ann an lagh an Tighearna, Paidhin<sup>1</sup> thurtur, no dà chol-uman òga.

25 Agus feuch, bha duine ann an Hierusalem d'am b'ainm Simeon; agus bha'n duine so ionraic agus diadhaidh, agus bha dùil aige re solas Israeil: agus bha'n Spiorad naomh air.

26 Agus dh'fhoillsicheadh dha leis an Spiorad naomh, nach faiceadh e bàs, gus am faiceadh e Crìosd an Tighearna.

27 Agus thainig e le treòrachadh an Spioraid do'n teampull: Agus an uair a thug na pàrantan an leanabh Iosa a stigh, chum's gu'n deanadh iad air a shon a réir gnàthuchaidh an lagha,

28 An sin ghlac esan 'na uchd<sup>m</sup> e, agus bheannuich e Dia, agus thubhairt e,

29 A nis, a Thighearna, a ta thu leigeadh do d' sheirbhiseach siubhal an sìth, a réir t'fhocail;

30 Oir chunnaic mo shùile do shlàinte,

31 A dh'ulluich thu roimh ghnùis nan uile shluagh:

32 Solus a shoillseachadh nan Cinneach, agus glòir do phobuill Israeil.

33 Agus ghabh Ioseph agus a mhàthair iongantas mu na nithibh a labhradh uime.

34 Agus bheannuich Simeon iad, agus thubhairt e ri Muire a mhàthair, Feuch, chuireadh an leanabh so chum tuiteam agus aiseirigh mhòrain ann an Israel, agus 'na chomhar an aghaidh an labhrar:

35 (Agus théid claidheamh tre d'anam-sa fein) chum's gu'm foill-

sichear smuainte cridheacha mhòra.

56 Agus bha Anna ban-fhàidh, nighean Phanueil, do thréibh Aseir; bha i ro aosmhor, agus chaith i seachd bliadhna maille ri fear o àm dh'i bhi 'na h-òigh.

57 Agus bu bhantrach i mu thimchioll ceithir bliadhna agus ceithir fichead a dh'aois, nach deachaidh o'n teampull, a' deanamh seirbhis do *Dhia* a là agus a dh'oidhche le tros-gadh agus le h-ùrnuigh.

58 Agus air teachd dh'ise a stigh san uair sin féin, thug i moladh do'n Tighearn, agus labhair i m'a thimchioll riusan uile aig an robh sùil ri saorsa ann an Ierusalem.

59 Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithe a réir lagha an Tighearna, phill iad do Ghalilé, d'am baile féin Nasaret.

40 Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartuicheadh an spiorad e, air a lìonadh le gliocas; agus bha gràsa Dhé air.

41 Agus chaidh a phàranta gach bliadhna gu Hierusalem, aig féisd na càisge.

42 Agus air bhi dha dà bhliadhna dheug a dh'aois, chaidh iad suas gu Hierusalem, a réir gnàtha na féisde.

43 Agus air coimhlionadh nan là sin doibh, 'nuair a phill iadsan, dh'fhan an leanabh Iosa 'nan déigh ann an Hierusalem; agus cha robh fios aig Ioseph no aig a mhàthair air sin.

44 Ach air dhoibh a shaoilsinn gu'n robh e sa' cliuideachd, dh'imich iad astar là; agus dh'iarr iad e measg an càirdean, agus an luchd eòlais.

45 Agus an uair nach d'fhuair iad e, phill iad gu Hierusalem, 'ga iarruidh.

46 Agus tharladh 'n déigh trì là, gu'n d'fhuair iad e san teampull, 'na shuidhe am meadhon an luchd teagaisg, araon 'gan éisdeachd, agus a' cur cheist orra.

47 Agus ghabh a' mhuinntir a chual e uile iongantas r'a thuigse agus r'a fhreagraibh.

48 Agus air dhoibh fhaicinn, ghlac

uamhas iad: agus thubhairt a mhàthair ris, A mhic, c'ar son a rinn thu mar so oirnn? feuch, bha t'athair agus mise gu brònach ga d'iarruidh.

49 Agus thubhairt esan riu, C'ar son a bha sibh ga m' iarruidh? nach robh fhios agaibh gu'm bu chòir dhomhsa bhi ann an tigh m' Athar<sup>n</sup>?

50 Agus cha do thuig iadsan an ni a labhair e riu.

51 Agus chaidh e sìos maille riu, agus thainig e gu Nasaret, agus bha e ùmhal doibh: ach ghleidh a mhàthair na nithe sin uile 'na cridhe.

52 Agus thainig Iosa air aghaidh ann an gliocas agus am meudachd, agus ann an deadh-ghean aig Dia, agus aig daoineibh

### C A I B. III

1 *Searmonachadh Eoin Bhaiste. 15*

*Fhianuis mu thimchioll Chrìosd.*

20 *Chuir Herod Eoin am prìosun.*

21 *Tha Crìosd air a bhaisteadh,*

*agus a' faghail fianuis o nèamh. 23*

*Aois agus sinnsireachd Chrìosd.*

**A**NIS anns a' chùigeachd bliadhna deug do impireachd Thiberius Cheasair, air bhi do Phontius Pilat 'na uachdaràn air Iudea, agus Herod 'na Thetrarch air Galilé, agus Philip a bhràthair 'na Thetrarch air Iturea agus dùthaich Thrachionitis, agus Lisanias 'na Thetrarch air Abilene.

2 An uair a bha Annas agus Caiaphàs 'nan àrd shagartaibh, thainig focal Dé chum Eoin mhic Shachariais anns an fhàsach.

3 Agus thainig e do'n dùthaich uile timchioll Iordain, a' searmonachadh baistidh an aithreachais, chum maitheanas pheacanna;

4 Mar a ta e scribedh ann an leabhar bhriathar an fhàidh Esaias, ag ràdh, Guth an ti a dh'éigheas anns an fhàsach, Ulluichibh slighe an Tighearna, deanaibh a cheumanna dìreach.

5 Bithidh gach gleann air a lìonadh, agus gach beinn agus enoc air an ìsleachadh; agus bithidh na nithe cama air an deanamh dìreach, agus na slighean garbha air an deanamh rèidh;



6 Agus chi gach uile fheoil slàinte Dhé.

7 Uime sin thubhairt e ris an t-sluagh a thainig a mach chum bhi air am baisteadh leis, A shìol nan nathraiche nimhe, cò thug rabhadh dhuibhse teicheadh o'n fheirg a ta ri teachd?

8 Air an aobhar sin thugaibh a mach toradh iomchuidh an àithreachais, agus na tòisichibh air a ràdh annaibh fein, A ta Abraham 'na Athair againn: oir a deirim ribh, gur comasach Dia do na clachaibh so air clann a thogail suas do Abraham.

9 Agus a nis féin a ta 'n tuagh air a cur ri bun nan craobh: air an aobhar sin gach craobh nach toir a mach toradh maith, gearrar sìos i, agus tilgear san teine i.

10 Agus dh'fheòruich an sluagh dheth, ag radh, Ciod uime sin a ni sinne?

11 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, An ti aig am bheil dà chòta, roinneadh e ris an ti aig nach 'eil; agus an ti aig am bheil biadh, deanadh e mar an ceudna.

12 Agus thainig mar an ceudna ois-mhaoir gu bhi air am baisteadh, agus thubhairt iad ris, A mhaighstir, ciod a ni sinne?

13 Agus thubhairt esan riu, Na deanaibh<sup>o</sup> ni air bith os cionn na dh'orduicheadh dhuibh.

14 Agus dh'fheòruich na saighdearan mar an ceudna dheth, ag radh, Agus ciod a ni sinne? Agus thubhairt e riu, Na deanaibh foirneart air neach sam bith, no casaid-bhréige, agus bithibh toilichte le'r tuarasdal.

15 Agus air bhi do'n phobull a' feitheamh, agus na h-uile dhaoine a' reusonachadh 'nan cridheachaibh féin mu thimchioll Eoin, am b'e Criosd a bh'ann;

16 Fhreagair Eoin, ag ràdh riu uile, Tha mise gu dearbh 'gar baisteadh le h-uisge; ach a ta neach a' teachd is cumhachdaiche na mise, agus cha'n airidh mise air barr-iall a bhròg fhuasgladh: baistidh esan sibh leis an Spiorad naomh, agus le teine.

17 Aig am bheil a ghuit<sup>p</sup> 'na

làimh, agus ro-ghlanaidh e ùrlar, agus cruinnichidh e 'n cruineachd d'a thaisg-thigh; ach loisgidh e am moll le teine nach fheudar a mhùchadh.

18 Agus ag earalachadh mòrain do nithibh eile, shearmonaich e do'n t-sluagh.

19 Ach air do Herod an Tetrarch bhi air a chronachadh leis air son Herodias bean a bhràthar (Philip), agus air son gach olc a rinn Herod,

20 Chuir e so ris gach olc eile, gu'n do dhruid e Eoin am prìosun.

21 Agus tharladh, 'nuair a bha 'n sluagh uile air am baisteadh, air do Iosa mar an ceudna bhi air a bhaisteadh, agus e ri ùrnuigh, gu'n d'fhosgladh nèamh:

22 Agus gu'n d'thainig an Spiorad naomh a nuas air an coslas corporra, mar choluman, agus gu'n d'thainig guth o nèamh, ag ràdh, Is tusa mo Mhac gràdhach, am bheil mo mhòr thlachd<sup>r</sup>.

23 Agus thòisich Iosa féin air a bhi mu thimchioll deich bliadhna fichead a dh'aois, air dha bhi (réir barail dhaoine) 'na mhac do Ioseph, mac Heli,

24 Mhic Mhatait, mhic Lebhi, mhic Mhelchi, mhic Ianna, mhic Ioseph,

25 Mhic Mhatatais, mhic Amois, mhic Nauim, mhic Esli, mhic Nage,

26 Mhic Mhaait, mhic Mhattatais, mhic Shemei, mhic Ioseph, mhic Iudah,

27 Mhic Ioanna, mhic Rhesa, mhic Shoróbabeil, mhic Shalatieil, mhic Neri,

28 Mhic Mhelchi, mhic Adi, mhic Choosaim, mhic Elmodaim, mhic Er,

29 Mhic Iose, mhic Elieseir, mhic Ioreim, mhic Mhatait, mhic Lebhi,

30 Mhic Shimeoin, mhic Iudaih, mhic Ioseph, mhic Ionain, mhic Eliacim,

31 Mhic Mhelea, mhic Mhainain, mhic Mhatata, mhic Natain, mhic Dhaibhidh,

32 Mhic Iese, mhic Obeid, mhic Rhoois, mhic Shalmoin, mhic Naasoin.

33 Mhic Aminadaib, mhic Araim,

<sup>o</sup> togaibh.

<sup>p</sup> inneal-faschnaidh.

<sup>r</sup> annadsa thu mi làn-toilichte.

*mhic Esroim, mhic Phareis, mhic Iudaich,*

*54 Mhic Iacoib, mhic Isaac, mhic Abraham, mhic Thara, mhic Nachoir,*

*55 Mhic Sharuich, mhic Ragau, mhic Phaleic, mhic Ebeir, mhic Shala,*

*56 Mhic Chainain, mhic Arphasaid, mhic Shem, mhic Noe, mhic Lameich,*

*57 Mhic Mhatusala, mhic Enoich, mhic Iareid, mhic Mhaleleil, mhic Chainain,*

*58 Mhic Enois, mhic Shet, mhic Adhaimh, mhic Dhé.*

## C A I B. IV.

**1** *Buaireadh agus trosgadh Chrìosd :*

*13 Tha e toirt buaidh air an diabhol ; 14 a' tòiseachadh ri searmonachadh, 16 Tha pobull Nasaret a' gabhail iongantais r'a fhoclaibh gràs-mhor. 35 Tha e leigheas an duine san robh deamhan, 38 agus màthar-chéile Pheadair, &c.*

**A** GUS air do Iosa bhi làn do'n Spiorad naomh, phill e air ais o Iordan, agus threòraicheadh e leis an Spiorad do'n fhàsach,

**2** Agus bha e air a bhuaireadh rè dhà fhichead là leis an diabhol ; agus cha d'ith e ni sam bith anns na làithibh sin : agus air dhoibh bhi air an crìochnachadh, an sin dh'fhàs e oc-rach.

**3** Agus thubhairt an diabhol ris, Ma's tu Mac Dhé, abair ris a' chloich so bhi 'na h-aran.

**4** Agus fhreagair Iosa e, ag ràdh, A ta e scrìobhta, nach ann le h-aran a mhàin a thig duine beo, ach le gach uile fhocal Dé.

**5** Agus air do'n diabhol a thabhairt gu beinn àrd, nochd e dha uile rioghachdan an domhain ann am mionaid aimsire.

**6** Agus thubhairt an diabhol ris, Bheir mise an cumhachd so uile dhuit, agus an glòir ; oir thugadh dhomhsa sin, agus bheir mi e do neach air bith is toil leam.

**7** Uime sin ma ni thu aoradh dhomhsa, is leat iad uile.

**8** Agus fhreagair Iosa agus thubh-

airt e ris, Tàr air mo chùlaobh, a Shatain : oir a ta e scrìobhta, Ni thu aoradh do'n Tighearn do Dhia, agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis.

**9** Agus thug se e gu Hierusalem, agus chuir e air binnein an teampuill e, agus thubhairt e ris, Ma's tu Mac Dhé, tilg thu féin sìos as so.

**10** Oir a ta e scrìobhta, Bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, thusa a choimhead.

**11** Agus togaidh iad suas thu 'nan làmhaibh, air eagal gu'm buail thu uair air bith do chos air cloich.

**12** Agus air freagairt do Iosa, thubhairt e ris, A dubhradh, Na buair<sup>t</sup> thusa an Tighearna do Dhia.

**13** Agus an uair a chrìochnuich an diabhol am buaireadh uile, dh'imich e uaith rè tamuill.

**14** Agus phill Iosa ann an cumhachd an Spioraid chum Ghàlile ; agus chaidh iomradhsan air feadh na dùcha m'an cuairt gu h-iomlan.

**15** Agus theagaisg e 'nan sionagogaibh, a' faghail glòir o na h-uile dhaoinibh.

**16** Agus thainig e gu Nasaret, far an d'àraicheadh e : agus chaidh e steach, mar bu ghnàth leis, air latha na sàbaid do'n t-sionagog, agus dh'éirich e 'na sheasamh chum leughaidh.

**17** Agus thugadh dhia leabhar an fhàidh Esaisais ; agus air fosgladh an leabhair dha, fhuair e 'n t-àit anns an robh e scrìobhta,

**18** Tha Spiorad an Tighearna orm, do bhrìgh gu'n d'ùng e mi a shearmonachadh an t-soisgeil do na bochdaibh ; chuir e mi a shlànuchadh na muinntir aig am bheil an cridhe briste, a ghairm<sup>u</sup> fuasglaidh do na braighdibh, agus aiseag an radhairc do na dallaibh, a thoirt saorsa do'n mhuinntir a ta brùite,

**19** A shearmonachadh bliadhna thaitnich an Tighearna.

**20** Agus air dùnadh an leabhair dha, thug e do'n fhear-frithealaidh<sup>e</sup>, agus shuidh e : agus bha sùile na bha san t-sionagog uile a' geur-amharc airsan.

**21** Agus thòisich e air a ràdh riu,

<sup>t</sup> Na dearbh. <sup>u</sup> a shearmonachadh.



An diugh a ta 'n scriobtur so air a choimhlonadh ann bhur cluasaibh-se.

22 Agus thug iad uile fianuis da, agus ghabh iad iongantas ris na briathraibh gràs-mhòr a thainig a mach as a bheul. Agus thubhairt iad, Nach e so mac Ioseiph?

23 Agus thubhairt e riu, Gun amharus thubhairt sibh rium an gnàth-fhocal so, A léigh, leighis thu féin: ge b'e air bith iad na nithe a chuala sinn a rinneadh *leat* an Capernaum, dean mar an ceudna iad an so a'd' dhùthaich féin.

24 Agus thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil fàidh air bith taitneach 'na dhùthaich féin.

25 Ach gu firinneach a deirimse ribh, gu'n robh mòran bhantrach ann an Israèl an làithibh Eliais, an uair a dhruideadh nèamh rè thri bliadhna agus shea mìos, agus a bha gorta mhòr air feadh na tire uile:

26 Ach cha do chuireadh Elias dh'ionnsuidh aon diubh, ach gu Sarepta Shidoin, chum mnà a bha 'na bantraich,

27 Agus bha mòran lobhar ann an Israel ri linn Eliseuis an fhàidh; agus cha do ghlanadh a h-aon aca, ach Naaman an Sirianach.

28 Agus lìonadh iadsan uile a bha san t-sionagog le feirg, an uair a chual iad na nithe sin,

29 Agus air éirigh suas doibh, thilg iad a mach as a bhaile e, agus thug iad leo e gu maluidh a' chnoic<sup>a</sup> (air an robh am baile togta) chum a thilgeadh sìos an coinneamh a chinn.

30 Ach air gabhail dhasan trid am meadhon, dh'fhalbh e:

31 Agus chaidh e sìos gu Capernaum, baile do Ghalile, agus bha e 'gan teagasg air laithibh na sàbaid:

32 Agus ghabh iad iongantas r'a theagasg; do bhrìgh gu'n robh fhocal le cumhachd.

33 Agus bha anns an t-sionagog duine anns an robh spiorad deamhain neo-ghloin, agus ghlaodh e le guth mèr.

34 Ag ràdh, Leig leinn; ciod e ar gnothuchne riut, Iosa o Nasaret? an d'thainig thu g'ar sgrios? a ta fhios agam cò thu, Aon naomha Dhé,

35 Agus chronaich Iosa e, ag ràdh, Bi d' thosd, agus thig a mach as. Agus air do'n deamhan esan a thilgeadh sìos 'nam meadhon, thainig e mach as, gun chiurradh sam bith a dheanamh air.

36 Agus thainig uamhas orra uile, agus labhair iad r'a chéile, ag ràdh, Ciod a' ghnè cainnte so? oir le h-ùghdarras agus cumhachd a tá e toirt orduigh do na spioradaibh neo-ghlana, agus tha iad a' teachd a mach.

37 Agus chaidh iomradh airsan a mach feadh gach àite do'n dùthaich m'an cuairt.

38 Agus dh'éirich e as an t-sionagog, agus chaidh e steach do thigh Shimoìn: agus bha fiabhrus mòr air màthair chéile Shimoìn; agus ghuidh iad air as a leth.

39 Agus air dha seasamh os a ceannb, chronaich e 'm fiabhrus, agus dh'fhàg e i. Agus air éirigh dh'ise air ball, rinn i frithealadh dhoibh.

40 Agus ag dol fuidhe na gréine, iadsan uile aig an robh daoine euslan le iomadh gnè tinnis, thug iad d'a ionnsuidh iad: agus air dhasan a làmh a chur air gach aon diubh, leighis e iad.

41 Agus chaidh mar an ceudna deamhain a mach a mòran, a' glaoth-aich agus ag ràdh, Is tu Criosd Mac Dhé. Agus chronuich e iad, agus cha d'fhulaing e dhoibh labhairt: oir bha fhios aca gu'm b'esan Criosd.

42 Agus air teachd do'n là, chaidh e mach, agus dh'imich e gu àite fàsail: agus bha'n sluagh 'ga iarruidh; agus thainig iad d'a ionnsuidh, agus b'àill leo a chumail, chum's nach rachadh e uatha.

43 Ach thubhairt esan riu, Is éigin domhsa rioghachd Dhé a shearmonachadh do bhailtibh eile mar an ceudna: oir is ann chum so a chuireadh mi.

44 Agus shearmonaich e ann an sionagogaibh Ghalile.

<sup>a</sup> beul-bhruach a' chnoic.    <sup>b</sup> làimh rìthe.

## C A I B. V.

1 Tha Criosd a' teagasg an t-sluaigh a luing Pheadair; 4 le tarruing mhìorbhuileach éisg tha e a' nochdadh cionnus a bha e gu Peadar agus a chompanaich a dheanamh 'nan iasgairibh air daoineibh: 12 a' glanadh neach a bha 'na lobhar, 16 a' deanamh ùrnuigh anns an fhàsach, 18 a' slànuchadh neach a bha tinn leis a' phairilis, &c.

**A**GUS tharladh, 'nuair a bha 'm pobull a dlù-theannadh air, chum focal Dé éisdeachd, gu'n do sheas e làimh ri loch Ghenesaret,

2 Agus chunnaic e dà luing<sup>e</sup> 'nan seasamh ri taobh an locha: ach bha na h-iasgairean air dol a mach asda, agus a' nigheadh an lìonta.

3 Agus air dha dol a steach do aon do na longaibh bu le Simon, dh'iarr e air dol a mach beagan o thìr: agus air suidhe dha, theagaisg e 'n sluagh as an luing.

4 A nis an uair a sguir e do labhairt, thubhairt ri Simon, Cuir a mach chum na doimhne, agus leigibh sìos bhuir lìonta chum tarruing.

5 Agus fhreagair Simon, agus thubhairt e ris, A mhaighstir, shaothraich sinn feadh na h-oidhche uile, agus cha do ghlac sinn ni sam bith: ach air t'fhocalsa leigidh mi sìos an lìon.

6 Agus an uair a rinn iad so, chuairtich iad tachdard mòr éisg; ionnus gu'n do bhriseadh an lìon.

7 Agus smèid iad air an companachaibh, a bha san luing eile, teachd agus còmhnaidh a dheanamh leo. Agus thainig iad, agus lìon iad an dà luing, ionnus gu'n robh iad an inbhe dol fuidhe.

8 'Nuair a chunnaic Simon Peadar so, thuit e sìos aig glùinibh Iosa, ag ràdh, Imich uamsa, a Thighearn, oir is duine peacach mi.

9 Oir ghlac uamhas e féin agus iadsan uile bha maille ris, air son an tarruing éisg a ghlac iad:

10 Agus mar an ceudna Seumas agus Eoin, mic Shebede, a bha 'nan companachaibh aig Simon. Agus thubhairt Iosa ri Simon, Na biodh

eagal ort; as so suas glacadh tu daoine.

11 Agus an uair a thug iad an longa gu tìr, air fàgail nan uile nithe dhoibh, lean iad esan.

12 Agus an uair a bha esan ann am baile àraidh, feuch, duine làn do loibhre: agus air dha Iosa fhaicinn, thuit e sìos air aghaidh, agus ghuidh e air, ag ràdh, A Thighearn, ma's toil leat, tha thu comasach air mise a ghlanadh.

13 Agus shìn e a làmh, agus bhean e ris, ag ràdh, Is toil leam; bi glan. Agus air ball dh'fhàg an loibhre e.

14 Agus dh'àithn e dha, gun inns-eadh do neach air bith: Ach imich, agus nochd thu féin do'n t-sagart, agus tabhair seachad air son do ghlanaidh, mar a dh'àithn Maois, mar fhianuis doibh.

15 Ach bu mhòid a sgaoileadh iomradh-san: agus thainig sluagh mòr an ceann a chèile chum éisdeachd, agus a bhi air an slànuchadh leis o'n eucailibh.

16 Agus chaidh e air leth chum an fhàsaich, agus rinn e ùrnuigh.

17 Agus tharladh air latha àraidh, 'nuair a bha e a' teagasg, gu'n robh 'nan suidhe an sin Phairisich agus luchd teagaisg an lagha, a thainig as gach uile bhaile do Ghalile, agus do Iudea, agus o Ierusalem: agus bha cumhachd an Tighearn a làthair chum an slànuchadh.

18 Agus feuch, dh'iomhair daoine air leabaidh duine air an robh am pairilis: agus dh'iarr iad a thabhairt a steach, agus a chur 'na làithairsan.

19 Agus an uair nach d'fhuair iad seòl air am feudadh iad a thoirt a steach, le meud na cuideachd, chaidh iad suas air an tigh, agus leig iad sìos tre mhullach an tighe e féin agus a leaba, anns a' mheadhon an làthair Iosa.

20 Agus an uair a chunnaic e an creidimh, thubhairt e ris, A dhuine, tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

21 Agus thòisich na sgrìobhuichean agus na Phairisich air reusonachadh, ag ràdh, Cò e so a ta labhairt



toibheim ? cò dh'fheudas peacaídh a mhaitheadh ach Dia a mhàin ?

22 Ach air aithneachadh an smuainte do Iosa, fhreagair e agus thubhairt e riu, Ciod a ta sibh a' reusonachadh 'nar cridheachaibh ?

23 Cò aca 's usadh a ràdh, Tha do pheacaídh air am maitheadh dhuit, no ràdh, Eirich agus imich ?

24 Ach a chum's gu'm bi fios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaídh a mhaitheadh air talamh, (thubhairt e ri fear na pairilis) A deirim riut, éirich, agus tog do leaba, agus imich do d' thigh.

25 Agus dh'éirich e air ball 'nan làthair, agus thog e an leaba air an robh e 'na luidhe, agus chaidh e d'a thigh féin, a' tabhairt glòir do Dhia.

26 Agus ghlac uamhas iad uile, agus thug iad glòir do Dhia, agus lìonadh -le h-eagal iad, ag ràdh, Chunnaic sinne nithe do-chreidsinn<sup>e</sup> an diugh.

27 Agus an déigh nan nithe sin, chaidh e mach, agus chunnaic e cìs-mhaor d'am b'ainm Lebhi, 'na shuidhe aig àite togail na cìse: agus thubhairt e ris, Lean mise.

28 Agus air fàgail nan uile nithe dha, dh'éirich e, agus lean se e.

29 Agus rinn Lebhi féisd mhòr dha 'na thigh féin: agus bha cuid-eachd mhòr do chis-mhaoraibh, agus do mhuinntir eile a shuidh maille riu.

30 Agus rinn an scrìobhuichean agus am Phairisich gearan an aghaidh a dheisciobul-san, ag ràdh, C'ar son a ta sibh ag itheadh, agus ag òl maille ri cìs-mhaoraibh agus ri peacach-aibh ?

31 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Cha'n 'eil feum aca-san a ta slàn air an léigh ach aca-san a ta tinn.

32 Cha d'thainig mise a ghairm nam firean, ach nam peacach chum aithreachais.

33 Agus thubhairt iadsan ris, C'ar son a ta deisciobuil Eoin gu tric ri trosgadh<sup>f</sup> agus a' deanamh ùrnuigh, agus mar an ceudna deisciobuil nam

Phairiseach; ach a ta do dheisciobuilse 'g itheadh agus ag òl ?

34 Agus thubhairt esan riu, Am feud sibh a thoirt air cloinn seomair an fhìr nuadh-phòsda trosgadh a dheanamh, am feadh a ta 'm fear nuadh-phòsda maille riu ?

35 Ach thig na laithean an uair a bheirear am fear nuadh-phòsda uatha: an sin ni iad trosgadh anns na làithibh sin.

36 Agus labhair e mar an ceudna cosamhlachd riu, Cha chuir neach air bith mìr a dh'eudach nuadh air sean eudach: no, reubaidh an t-eudach nuadh e, agus cha d'thig am mìr do'n eudach nuadh ris an t-sean eudach.

37 Agus cha chuir duine sam bith fìon nuadh ann an seann searragaibh; no, brisidh am fìon nuadh na searragan, agus dòirtear e féin, agus caillear na searragan.

38 Ach is còir fìon nuadh a chur ann an searragaibh nuadha; agus bithidh iad araon tèaruinte.

39 Agus cha 'n'eil duine sam bith air dha sean fhìon òl, a dh'iarrair air ball fìon nuadh: oir a deir e, 'Se 'n sean fhìon is fearr.

#### C A I B. VI.

1 Tha Criosd a' cronuchadh doille nam Phairiseach mu thimchioll coimhead na sàbaid, le scrìobtur, reuson, agus mìorbhuil, 13 u' taghadh dà abstol deug, 17 a' slànuachadh muinntir a bha tinn, 20 a' searmonachadh d'a dheisciobluibh mu bheannachdaibh agus mallachdaibh, &c.

**A** GUS tharladh air a' cheud latha sàbaid an déigh an dara là do fhéisd na càisge<sup>g</sup>, gu'n deachaidh e trid na h-achaibh arbhair: agus spìon a dheisciobuil na diasan arbhair, agus dh'ith iad, an déigh an bruathadh le'n làmbaibh.

2 Agus thubhairt cuid do na Phairisich riu, C'ar son a ta sibh a' deanamh an ni nach 'eil ceaduichte r'a dheanamh air laithibh na sàbaid ?

3 Agus freagair Iosa iad, agus thubhairt e, Nach do leugh sibhse an

<sup>e</sup> iongantach. <sup>f</sup> trasgadh. <sup>g</sup> air an dara latha sàbaid an déigh na ceud sàbaid.

ni so rinn Dhaibhidh, 'nuair a bha ocras air féin, agus orrasan a bha maille ris :

4 Cionnus a chaidh e steach do thigh Dhé, agus a ghabh e aran na fianuis, agus a dh'ith e fein, agus a thug e mar an ceudna dhoibhsan a bha maille ris, ni nach 'eil ceaduichte itheadh ach do na sagartaibh a mhaín?

5 Agus thubhairt e riu, Is Tigh-earna Mac an duine air an t-sàbaid féin.

6 Tharladh mar an ceudna air sàbaid eile, gu 'n deachaidh e steach do'n t-sionagog, agus gu'n do theagaisg e; agus bha an sin duine, aig an robh a làmh dheas air seargadh.

7 Agus rinn na scriobhuichean agus na Phairisich faire, a dh'fheuchainn an leighiseadh e air an t-sàbaid, chum's gu'm faigheadh iad cùis-dhithidh i 'na aghaidh.

8 Ach thuig esan an smuaintean, agus thubhairt e ris an duine aig an robh an làmh sheargta, Eirich, agus seas a mach sa' mheadhon. Agus dh'éirich esan, agus sheas e.

9 An sin thubhairt Iosa riu, Feòruichidh mise aon ni dhibh, Am bheil e ceaduichte air laithibh na sàbaid maith a dheanamh, no olc? anam a shàoradh, no a sgrios?

10 Agus air dha amharc m'an cuairt orra uile, thubhairt e ris an duine, Sin a mach do làmh. Agus rinn e sin: agus dh'aisigeadh a làmh slàn da mar an làmh eile.

11 Agus lìonadh iadsan do chuthach agus labhair iad r'a chéile, cìod a dheanadh iad ri h-Iosa.

12 Agus anns na laithibh sin chaidh esan gu beinn a dheanamh ùrnuigh, agus bhuaic e rè na h-oidliche ann an ùrnuigh ri Dia!

13 Agus air teachd do'n là, ghairm e d'a ionnsuidh a dheisciobuil: agus thagh e dà fhear dheug asda, d'an do ghoir e Abstoil:

14 Simon (a dh'ainmich e mar an ceudna Peadar) agus Aindreas a bhràthair, Seumas agus Eoin, Philip agus Bartolomeus,

15 Mata agus Tomas, Seumas mac Alpheuis, agus Simon d'an goirear Selotes,

16 Iudas bràthair Sheumais, agus Iudas Iscariot, esan a bha 'na fhear-brathaidh.

17 Agus thainig e nuas leo, agus sheas e air ionad còmhnaidh, agus coimhthional a dheisciobul, agus buidheann mhòr shluaigh o Iudea uile agus o Hierusalem, agus o chois fairge Thiruis agus Shìdon, muinntir a thainig g'a éisdeachd, agus gu bhi air an leigheas o'n cuslaistibh;

18 Agus iadsan a bha air am pianadh le spioradaibh neo-ghlana: agus leighiseadh iad.

19 Agus dh'iarr an sluagh uile beantuinn ris: oir chaidh cumhachd a mach as, agus shlànach e iad uile.

20 Agus thog e suas a shùilean air a dheisciobluibh, agus thubhairt e, Is beannuichte sibhse ta bochd: oir is libh rioghachd Dhé.

21 Is beannuichte sibhse ta ocrach a nis: oir sàsuichear sibh. Is beannuichte sibhse ta caoidh a nis: oir gàiridh sibh.

22 Is beannuichte sibh 'nuair a bheir daoine fuath dhuibh, agus a chuireas iad as an cuideachd sibh, agus a bheir iad cainnt mhaslach dhuibh, agus a thilgeas iad a mach bhur n-ainm mar olc, air son Mhic an duine.

23 Deanaibhse gairdeachas san là sin, agus leumaibh le h-aoibhneas: oir feuch, is mòr bhur duais air nèamh: oir is ann mar sin a rinn an aithriche air na fàidhibh.

24 Ach is anaoibhinn duibhse ta saibhir: oir fhuair sibh bhur sòlas.

25 Is anaoibhinn duibhse ta sàitheach: oir bithidh ocras oirbh. Is anaoibhinn duibhse ta gàireachdaich a nis: oir ni sibh bròn agus gul.

26 Is anaoibhinn duibhse 'nuair a labhras daoine<sup>m</sup> maith umaibh: oir is ann mar sin a rinn an aithriche ris na fàidhibh bréige.

27 Ach a derim ribhse ta 'g éisdeachd, Gràdhaichibh bhur naimhde,

<sup>h</sup> an t-aran taisbeanta.    <sup>i</sup> cùis-chasaid.    <sup>l</sup> tigh ùrnuigh Dhé.

<sup>m</sup> na h-uile dhaoine.



deanaibh maith orrasan le'm fuathach sibh :

28 Beannuichibh iadsan a ta 'gar mallachadh, agus deanaibh ùrnuigh air son na muinntir a ta buntuinn gu naimhdeil ribh.

29 Ris an ti a bhuaileas tu air aon ghial, cup an gial eile ; agus do'n ti a bheir t'fhalluing dhìot, na bac do chòta mar an ceudna.

30 Tabhair do gach neach a dh'iarras ort; agus o'n neach a bheir uait do mhaoin, na iarr air ais z.

31 Agus mar a b'àill libh daoine dheanamh dhuibh, deanaibhse mar an ceudna dhoibhsan.

32 Oir ma ghràdhaicheas sibh iadsan aig am bheil gràdh dhuibh, ciod am buidheachas a ta agaibh? oir gràdhaichidh peacaich féin an droing aig am bheil gràdh dhoibh.

33 Agus ma ni sibh maith do'n mhuinntir a ni maith dhuibh, ciod am buidheachas a ta agaibh? oir ni peacaich an ni so fein mar an ceudna.

34 Agus ma bheir sibh iasachd<sup>n</sup> dhoibhsan o'm bheil dùil agaibh ri fhaotainn a ris, ciod am buidheachas a ta agaibh? oir bheir peacaich féin iasachd do pheacachaibh, chum's gu'm faigh iad uiread a ris.

35 Ach gràdhaichibhse bhur naimhde, agus deanaibh maith, agus thugaibh iasachd, gun dùil a bhi agaibh ri ni sam bith 'na éiric<sup>o</sup>: agus bithidh bhur duais mòr, agus bithidh sibh 'nar cloinn do'n Tì a's airde: oir a ta esan tabhartach dhoibhsan a ta mi-thaingéal agus olc.

36 Bithibhse uime sin tròcaireach, mar a ta bhur n-Athair tròcaireach.

37 Agus na tugaibh breth, agus cha toirear breth oirbh: na dìtibh, agus cha dìtear sibh: thugaibh maith-eanas, agus bheirear maith-eanas dhuibh.

38 Thugaibh uaibh, agus bheirear dhuibh; deadh thomhas, air a gheinn-eadh, agus air a chrathadh ri chéile, agus a' cur thairis, bheir daoine ann bhur n-uchd; oir leis an tomhas le'n tomhas sibh, toimhaisear dhuibh a ris.

39 Agus labhair e cosamhlachd riu, Am feud an dall dall a threòrachadh? nach tuit iad araon ann an slochd?

40 Cha 'n'eil an deisbiobul os ceann a mhaighstir: ach ge b'e neach a ta coimhlionta, bithidh e mar a mhaighstir.

41 Agus c'ar son a ta thu faicinn an smùirnein a ta an sùil do bhràthar, agus nach 'eil thu toirt faineair an t-sail a ta ann do shùil féin?

42 No cionnus a dh'fheudas tu ràdh ri d' bhràthair, A bhràthair, leig dhomh an smùirnein a thoirt a d' shùil, agus nach 'eil thu toirt faineair an t-sail a ta ann do shùil féin? A chealgair, tilg a mach air tùs an t-sail as do shùil féin, agus an sin is léir dhuith gu soillear an smùirnein a ta ann an sùil do bhràthar a thoirt aise.

43 Oir cha deadh chraobh a bheir a mach droch thoradh: agus cha droch chraobh a bheir a mach deadh thoradh.

44 Oir aithnìchear gach craobh air a toradh: oir cha tionail daoine fìgean do dhroighionn, no caoran fìona do'n fhearr-dhris.

45 Bheir duine maith ni maith a mach a deadh ionmhas a chridhe: agus bheir droch dhuine ni olc a mach a droch ionmhas a chridhe: oir is ann a pailteas a' chridhe a labhras a bheul.

46 Agus ca'r son a ghoireas sibh, a Thighearn, a Thighearn, dhiomsa, agus nach dean sibh na nithe a deirim?

47 Gach neach a thig a m' ionnsuidhse, agus a chluinneas mo bhriathra, agus a ni iad, feuchaidh mi dhuibh cia ris is cosmhuil e.

48 Is cosmhuil e ri duine a thog tigh, agus a chladhaich domhain, agus a chuir a bhunait air carraig: agus an uair a thainig an tuil, bhuaill an sruth gu dian air an tigh sin, agus cha b'urrainn e charachadh; oir bha e air a shuidheachadh<sup>p</sup> air carraig.

49 Ach an ti a chluinneas, agus nach dean, is cosmhuil e ri duine a thog tigh air an talamh gun bhun-

ait, air an do bhuail an sruth gu dian, agus air ball thuit e; agus bu mhòr tuiteam an tighe sin.

## C A I B. VII.

1 *Air do Chrìosd creidimh bu mhòr fhaotainn ann an ceannard-ceud a bha 'na Gheintileach, na ann an aon neach do na h-Iudhachaibh, 10 leighis e sheirbhiseach gun teachd d'a ionnsuidh, 11 Tha e togail mic na bantraich ann an Nain o'n bhàs, 19 a' dearbhadh do theachd-airibh Eoin, le oibribh miorbhuileach a rinn e 'nan làthair, gu'm b'e fèin an Crìosd a bha ri teachd, 24 a' nochdadh do'n t-sluagh ciod i a bharail mu Eoin, &c.*

**A**NIS an uair a chrìochnaich e a bhriathrasan uile ann an éisd-eachd an t-sluaigh, chaidh e steach do Chapernaum.

2 Agus bha seirbhiseach ceannaird-ceud àraidh, a b'ionnmhuinn leis, gu tinn, agus ri h-uchd bàis.

3 Agus air cluinntinn mu Iosa dha, chuir e seanairean nan Iudhach d'a ionnsuidh, a' cur impidh air gu'n d'thigeadh e; agus gu'n leighiseadh e a sheirbhiseach.

4 Agus an uair a thainig iad gu h-Iosa, ghiuidh iad air gu dùrachdach, ag ràdh, Gu'm b'airidh e gu'n deanadh esan so dha:

5 Oir is toigh leis ar cinneach-ne, agus thog esan dhuinn sionagog<sup>r</sup>.

6 Agus chaidh Iosa maille riu. Ach air dha bhì nis fagus do'n tigh, chuir an ceannard-ceud càirde d'a ionnsuidh, ag ràdh ris, A Thighearn, na cuir dragh ort fèin, oir cha'n airidh mise gu'n rachadh tu steach fa m' chleith

7 Uime sin cha mhò a mheas mi gu'm b'airidh mi fèin air teachd a t'ionnsuidh: ach a mhàin abair am focal, agus slànuichear m' òglach.

8 Oir is duine mise fèin air mo chur fa ùghdarras, aig am bheil saighdeara fùn, agus a deirim ris an fhear so, Imich, agus imichidh e: agus ri fear eile, Thig, agus thug e: agus ri m' sheirbhiseach, Dean so, agus nì se e.

9 Agus air cluinntinn nan nithe so do Iosa, ghabh e iongantas ris, agus air tionndadh dha, thubhairt e ris an t-sluagh a lean e, A deirim ribh, nach d'fhuaire mi creidimh co mòr as so, ann an Israèil fèin.

10 Agus air pilltinn air an ais do'n tigh do na teachdairibh a chuireadh d'a ionnsuidh, fhuair iad an seirbhis-each a bha tinn, slàn.

11 Agus tharladh an là 'na dhéigh sin, gu'n deachaidh e chum baile d'an goirear Nain; agus chaidh a dheisciobuil<sup>s</sup> maille ris, agus sluagh mòr.

12 A nis an uair a thainig e'm fagus do gheatadh a' bhaile, feuch, ghiùlaineadh a mach duine marbh, aon mhac a mhàthar, agus bu bhan-trach i: agus bha sluagh mòr do mhuinntir a' bhaile maille rithe.

13 Agus an uair a chunnaic an Tighearn i, ghabh e truas dith, agus thubhairt e rithe, Na guil.

14 Agus thainig e agus bhean e ris a' ghiùlan<sup>t</sup>, (agus sheas iadsan a bha 'ga iomchar) agus thubhairt e, Oganach, a deirim riut, éirich.

15 Agus dh'éirich an duine bha marbh 'na shuidhe, agus thòisich e air labhairt: agus thug e d'a mhàthair e.

16 Agus ghlac eagal iad uile: agus thug iad glòir do Dhia, ag ràdh, Dh'éirich fàidh mòr 'nar measg-ne; agus, Dh'amhairc Dia air a shluagh fèin.

17 Agus chaidh an t-ìomradh so mach a'rsan air feadh Iudea uile, agus na dùcha m'an cuairt uile.

18 Agus dh'innis a dheisciobuil do Eoin mu thimchioll nan nithe sin uile.

19 Agus ghairm Eoin d'a ionnsuidh dithis àraidh d'a dheisciobluibh, agus chuir e iad gu h-Iosa, ag ràdh, An tusa esan a bha ri teachd, no'm bì sùil againn ri neach eile:

20 Agus air teachd do na daoineibh d'a ionnsuidh, thubhairt iad, Chuir Eoin Baiste sinne a'd' ionnsuidh, ag ràdh, An tusa 'n ti a bha ri teachd, no 'm bì sùil againn ri neach eile?

21 Agus anns an uair sin fèin

<sup>r</sup> thog esan ar sionagog.

<sup>s</sup> mòran d'a dheisciobluibh.

<sup>t</sup> chiste mhairbh.



leighis e mòran o 'n euslaintibh agus o 'm plàighibh, agus o dhroch spiorad-aibh, agus thug e 'n radharc do mhòran a bha dall.

22 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Imichibhse agus iunsibh do Eoin na nithe a chunnaic agus a chuala sibh, gu'm bheil na doill a' faicinn, na bacadh ag imeachd, na lobhair air an glanadh, na bodhair a' cluinntinn, na mairbh air an dùsgadh, an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh.

23 Agus is beanuicht' esan nach fàigh oilbheum annamsa<sup>u</sup>.

24 Agus an uair a dh'fhalbh teachdairean Eoin, thòisich e air labhairt ris an t-sluagh mu thimchioll Eoin, Ciod an ni a chaidh sibh a mach do'n fhàsach a dh'fhaicinn? an i cuile air a crathadh le gaoith?

25 Ach ciod e an ni chaidh sibh a mach a dh'fhaicinn? an e duine air a sgeadachadh ann an eudach mìn? feuch, iadsan a ta sgeadaichte le eudach riomhach, agus a' caitheadh am beatha gu sòghail, is ann an cùirtibh nan rìgh a ta iad.

26 Ach ciod e an ni chaidh sibh a mach a dh'fhaicinn? an e fàidh? seadh, a deirim ribh, agus ni 's mò na fàidh.

27 Is e so an ti mu'm bheil e scriobhta, Feuch, cuiream mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh'ulluicheas do shlighe romhad.

28 Oir a deirim ribh, 'Nam measgan a rugadh le mnaibh, cha 'n'eil fàidh a's mò na Eoin Baiste: gidheadh an ti a's lugha ann an rioghachd Dhé, is mò e na esan.

29 Agus dh'fhèarnaich am pobull uile a chual e, agus na cìs-mhaoir Dia, air dhoibh bhi air am baisteadh le baisteadh Eoin.

30 Ach chuir na Phairisich agus an luchd lagha cùl ri comhairle Dhé d'an taobh féin, am feadh nach do bhaisteadh iad leis.

31 (Agus thubhairt an Tighearna,) Cò ris uime sin a shamhlaicheas mi daoine a' ghinealaich so? agus cò ris a ta iad cosmhuil?

32 A ta iad cosmhuil ri cloinn a ta

'nan suidhe sa' mhargadh, agus a dh'éigheas r'a chéile, ag ràdh, Rinn sinne pìobaireachd dhuibhse, agus cha d'rinn sibhse dannsa: rinn sinne tuireadh dhuibhse, agus cha d'rinn sibhse gul.

33 Oir thainig Eoin Baiste, cha'n ann ag itheadh arain, no 'g òl fìona; agus their sibh, A ta deamhan aige.

34 Thainig Mac an duine ag itheadh 's ag òl; agus their sibh, Feuch duine geòcach agus pòitear-fìona, caraid chis-mhaor agus pheacach.

35 Ach a ta gliocas air a fireanachadh leis a cloinn uile.

36 Agus dh'iarr duine àraidh do na Phairisich air, gu'n itheadh e biadh maille ris. Agus chaidh e steach do thigh an Phairisich, agus shuidh<sup>a</sup> e sìos chum bith.

37 Agus feuch, an uair a fhuair bean anns a bhaile, a bha 'na peacach, fios gu 'n robh e 'na shuidhe aig biadh ann an tigh an Phairisich, thug i leatha bocsa alabastair làn do ola chùbhraidh.

38 Agus sheas i aig a chosaibh air a chùlaobh a' gul, agus thòisich i air a chosan a fhliuchadh leis a deuraibh, agus thiormaich i iad le gruaig a cinn, agus phòg i a chosa, agus dh'ùng i leis an ola iad.

39 Agus an uair a chunnaic am Phairiseach, a thug cuireadh dha, so, labhair e ann féin, ag ràdh, Nam b'fhàidh an duine so, bhiodh fhìos àige cò i a' bhean so ta beantuinn ris, agus ciod is gnè dh'i; oir is peacach i.

40 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e ris, A Shimoìn, a ta ni agam ri ràdh riut. Agus thubhairt esan, A mhaighstir, abair e.

41 Bha aig fear-fiacha àraidh dithis do fhéichneilbh: bha aige air aon fhear cùig ceud peghinn, agus air an fhear eile leth-cheud.

42 Agus do bhrìgh nach robh aca ni leis an dioladh iad, mhaith e gu saor dhoibh araon. Innis dèmhsa uime sin, cò aca 's mò a ghràdh-aicheas e?

43 Agus fhreagair Simon agus thubhairt e, 'S i mo bharail gur e an

<sup>u</sup> nach gabh oilbheum riumsa.

<sup>a</sup> luidh. Gr.

neach is mò d'an do mhaith e. Agus thubhairt e ris, Is ceart a thug thu breth.

44 Agus air tionndadh ris a' mhnaoi, thubhairt e ri Simon, Am faic thu bhean so? thainig mi steach do d' thigh, cha d'thug thu dhomh uisge chum mo chos; ach dh'ionnlaid ise mo chosa le deuraibh, agus thiormaich i iad le fòlt a cinn.

45 Cha d'thug thusa dhomh pòg: ach o thainig iseb stigh, cha do sguir i a phògadh mo chos.

46 Cha d'ùng thusa mo cheann le h-ola: ach dh'ùng ise mo chosa le h-ola chùbhraidh.

47 Uime sin a deirim riut, Gu'm bheil a peacaidh a ta lìonmhor, air am maitheadh; air an aobhar sin e ghràdhaich i gu mòr: ach ge b'e neach d'am maithear beagan, bithidh a ghràdh beag.

48 Agus thubhairt e rithe, Tha do pheacaidh air am maitheadh.

49 Agus thòisich iadsan a bha 'nan suidhe aig biadh maille ris, air a ràdh annta féin, Cò e so a ta eadhon a' maitheadh pheacanna?

50 Agus thubhairt e ris a' mhnaoi, Shlànuich do chreidimh thu; imich an sìth.

## C A I B. VIII.

2 *Tha mnàì a' frithealadh do Chrìosd le am maoin.* 4 *Tha Crìosd, an déigh dha searmoin a dheanamh o àit gu h-àit, agus e air a leantuin le abstolaibh. a' labhairt cosamhlachd an t-sìoladoir,* 16 *agus na coinnle;* 21 *a' cur an céill cò iad a mhàthair, agus a bhràithrean,* 22 *a' cronuchadh na gaoithe, &c.*

**A**GUS tharladh an déigh sin, gu'n d'imich esan trid gach cathair agus baile, a' searmonachadh, agus a' cur an céill soisgeil rioghachd Dhé, agus an dà fhear dheug 'na fhochair,

2 Agus mnàì àraidh a leighis-eadh o dhroch spioradaibh agus o euslaintibh, Muire d'an goirear Mag-

dalen, 'as an deachaidh seachd deamhain,

3 Agus Ioanna bean Chusa stiùbha-aid Heroid, agus Susanna, agus mòran eile, a bha frithealadh dha le am maoin.

4 Agus an uair a chruinnich sluagh mòr, agus a thainig iad as gach baile d'a ionnsuidh, labhair e ann an cosamhlachd:

5 Chaidh fear-cuir amach a chur a shìl: agus ag cur da, thuit cuid ri taobh an rathaid, agus shaltradh sìos e, agus dh'ith eunlaith an athair suas e.

6 Agus thuit cuid eile air carraig, agus air fàs da, shearg e, do bhrìgh nach robh sìgh aige.

7 Agus thuit cuid eile am measg droighinn, agus air fàs do 'n droighionn maille ris, thachd se e.

8 Agus thuit cuid eile air talamh maith, agus dh'fhàs e suas, agus thug e toradh uaithe a cheud uiread 's a chuireadh. Agus air dha na nithe sin a ràdh, ghlaodh e, Ge b'e aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisd-eadh e.

9 Agus dh'fhiosraich a dheisciob-uil deth, ag ràdh, Ciod e an cosamhlachd so?

10 Agus thubhairt esan, Thugadh dhuibhse eòlas fhaotainn air rùn dìomhair rioghachd Dhé; ach do chàch an cosamhlachdaibh, ionnus ag faicinn doibh nach faiceadh iad, agus ag cluinntinn doibh nach tuigeadh iad.

11 Ach is e so an cosamhlachd: Is e 'n sìol focal Dé.

12 Iadsan ri taobh an rathaid, is iad sin a dh'éisdeas: 'na dhéigh sin a ta 'n diabhol a' teachd, agus a' togail air falbh an fhocail as an cridheachaidh, air eagal gu'n creideadh iad agus gu'm biodh iad air an saoradh.

13 An dream air a' charraig, is iad sin iadsan, an uair a dh'éisdeas iad, a ghabhas am focal d'an ionnsuidh le gairdeachas; ach cha 'n'eil aca so freumh, muinntir a chreideas-rè tamuill, agus an àm buairidh a ta tuiteam air falbh.



14 Agus an ni a thuit am measg droighinn, is iad sin an dream a dh'éisdeas, agus air dhoibh dol a mach, a ta iad air an tachdadh le cùram, agus le saibhreas, agus le sàimhe na beatha so, agus cha 'n'eil iad a' toirt toraidh uatha chum foirfeachd.

15 Ach an ni a thuit san talamh mhaith, is iad sin iadsan, air dhoibh am focal éisdeachd, a ta 'ga choimhead ann an cridhe treibh-dhireach agus maith, agus a' toirt toraidh uatha le foighidind.

16 Cha 'n'eil neach air bith, air dha coinneal a lasadh, a dh'fholuicheas fa shoitheach i, no chuireas fa leabaidh i: ach cuiridh e ann an coinnleir i, chum's gu'm faic iadsan a thig a stigh an solus.

17 Oir cha 'n'eil ni sam bith fol-aichte, nach deanar follaiseach; no uaigneach, nach aithnichear, agus nach d'thig os àird.

18 Air an aobhar sin thugaibh fa'near cionnus a dh'éisdeas sibh: oir ge b'e neach aig am bheil, bheirear dha; agus ge b'e neach aig nach 'eil, bheirear uaidh eadhon an ni sin a shaoilear a bhi aige.

19 An sin thainig d'a ionnsuidh a mhàthair agus a bhràithre, agus cha b'urrainn iad teachd am fagus da leis an dòmhlas.

20 Agus dh'innseadh dha le dream àraidh, a thubhairt, Tha do mhàthair agus do bhràithre 'nan seasamh a muigh, ag iarraidh t'fhaicinn.

21 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Is iad mo mhàthair agus mo bhràithrean iadsan a dh'éisdeas ri focal Dé, agus a ni e.

22 Agus tharladh air là àraidh, gu'n deachaidh e féin agus a dheisciobuil a stigh do luing: agus thubhairt e riu, Rachamaid thairis gu taobh thall an locha. Agus chuir iad a mach o thìr.

23 Ach ag seòladh dhoibh, thuit codal airsan: agus thainig ànradh e gaòith a nuas air an loch, agus lìonadh iad le h-uisge, agus bha iad ann an gabhadh.

24 Agus thainig iad d'a ionnsuidh, agus dhùisg iad e, ag ràdh, A mhaighstir, a mhaighstir, tha sinn cailte, An sin dh'éirich esan, agus chronuich e ghaoth, agus onfa an uisge: agus sguir iad, agus thainig feathf ann.

25 Agus thubhairt e riu, C'ait am bheil bhuir creidimh? agus air dhoibh bhi fa eagal, ghabh iad iongantas, ag ràdh, r'a chéile, Ciod a' ghnè dhuine so? oir a ta e toirt àithne do na gaothaibh, agus do'n uisge féin, agus a ta iad ùmhal dha.

26 Agus thainig iad air tìr aig dùthaich nan Gadareneach, a ta thall fa chomhair Ghalile.

27 Agus an uair a chaidh e mach air tìr, choinnich duine àraidh as a' bhaile e, anns an robh deamhain rè aimsir fhada, agus aig nach biodh eudach uime, agus nach fanadh ann an tigh, ach anns na h-àitibh-adh-laic.

28 An uair a chunnaic e Iosa, ghlaodh e mach, agus thuit e sìos 'na làthair, agus thubhairt e le guth àrd, Ciod e mo ghnòthuchsa riut, Iosa, a Mhic an Dé a's ro àirde? guidheam ort, na pian mi.

29 (Oir bha e air toirt àithne do'n spiorad neo-ghlan dol a mach as an duine. Oir bu tric a rug e gu naimh-deil air: agus cheangladh e le slabhruidhibh, agus choimhheadh an geimhlibh e; agus air briseadh a chuibhreacha dha, dh'iomaineadh e leis an deamhan do'n fhàsach.)

30 Agus dh'fheadraich Iosa dheth, ag ràdh, Ciod is ainm dhuit? agus thubhairt esan, Legion: do bhrìgh gu'n deachaidh mòran dheamhan a steach ann.

31 Agus ghuidh iad air, gun àithne thoirt doibh dol sìos do'n dòimhneachd.

32 Agus bha treud lìon-mhor mhuc an sin, ag ionaltradh air an t-slabh: agus ghuidh iad air cead a thoirt doibh dol a steach annta. Agus thug e cead doibh.

33 An sin air dol do na deamhaibh a mach as an duine, chaidh iad anns na mucaibh: agus ruith an treud

mlhuc gu dian sìos le bruthach<sup>b</sup> do'n loch, agus thachdadh i iad.

34 Agus an uair a chunnaic an dream a bha 'gam biadhadh an ni a rinneadh, theich iad, agus dh'innis<sup>l</sup> iad e anns a' bhaile agus anns an dùthaich.

35 Agus chaidh iadsan a mach a dh'fhaicinn an ni a rinneadh; agus thainig iad gu h-Iosa, agus fhuair iad an duine as an deachaidh na deamhain, 'na shuidhe aig cosaibh Iosa, air eudachadh, agus e 'na chéill: agus ghabh iad eagal.

36 Agus dh'innis an dream a chunnaic e dhoibh, cionnus a shlàn- uicheadh an duine san robh na deamhain.

37 An sin dh'iarr muinntir dùcha nan Gadareneach uile airsan, imeachd uatha; oir ghlacadh le h-eagal mòr iad: agus chaidh e san luing, agus phill e air ais a ris.

38 A nis ghuidh an duine as an deachaidh na deamhain air, e féin a bhi maille ris: ach chuir Iosa uaith e, ag ràdh,

39 Pill do d' thigh féin, agus cuir an céill meud nan nithe a rinn Dia dhuit. Agus dh'imich e roimhe, ag innseadh gu follaiseach air feadh a' bhaile uile, meud nan nithe a rinn Iosa dha.

40 Agus tharladh, an uair a phill Iosa air ais, gu'n do ghabh an sluagh gu toileach ris: oir bha iad uile 'ga fheitheamh.

41 Agus feuch, thainig duine da'm b'ainm Iairus, a bha 'na uachdaran air an t-sionagog: agus thuit e aig cosaibh Iosa, agus ghuidh e air gu'n d'thigeadh e d'a thigh:

42 Do bhrìgh gu'n robh aon-ghin nighinn aige, mu thimchioll dà bhliadhna dheug, agus i faotainn a' bhàis. (Ach air dha bhi 'g imeachd, bha'n sluagh 'ga theannadh.

43 Agus thainig bean air an robh dòrtadh fola dà bhliadhna dheug, agus a chaith a beathachadh uile ri léigh-ibh, agus nach b'urradh bhi air a leigheas le neach air bith,

44 Thainig ise air a chùlaobh, agus

bhean i ri h-ìomall eudaich: agus sguir a dòrtadh fola air ball.

45 Agus thubhairt Iosa, Cò bhean rium? Air àicheadh do na h-uile, thubhairt Peadar, agus iadsan a bha 'na fhochair, ris, A mhaighstir, tha 'n sluagh ga d' dhòimhlachadh, agus ga d' theannadh, agus an abair thu, Cò bhean rium?

46 Agus thubhairt Iosa, Bhean neach éigin rium: oir mhothaich mi cumbachd a' dol asam.

47 Agus an uair a chunnaic a' bhean nach robh i'n ain-fhios<sup>m</sup>, thainig i air chrith, agus a' sleuchd- adh dha, chuir i'n céill da c'ar son a bhean i ris, an làthair an t-sluaigh uile, agus mar a shlàn- uicheadh i gu grad.

48 Agus thubhairt esan rithe, A nighean, biodh misneach agad: shlàn- uich do chreidimh thu; imich an sith.)

49 Am feadh 's a bha e fathast a' labhairt, thainig neach o thigh Uachd- arain na sionagoige, ag ràdh ris, Tha do nighean marbh; na cuir dragh air a' mhaighstir.

50 Ach air cluinntinn so do Iosa, fhireagair se e, ag ràdh, Na biodh eagal ort: a mhàin creid, agus bithidh i air a slànuchadh.

51 Agus an uair a chaidh e do 'n tigh, cha do leig e le neach air bith dol a stigh, ach Peadar, agus Eoin, agus Seumas, agus athair agus màthair na h-inghin.

52 Agus bha iad uile a' gul, agus a' deanamh caoidh air a son: ach thubhairt esan, Na guilibh: cha 'n'eil i marbh, ach 'na còdal.

53 Agus rinn iad gàire fanoid ris, do bhrìgh gu'n robh fhios aca gu'n robh i marbh.

54 Agus air dha an cur a mach uile, ghlac e air làimh i, agus ghlaodh e, ag ràdh, A nighean, éirich.

55 Agus thainig a spiorad air ais, agus dh'éirich i air ball: agus dh'àithn e biadh a thoirt d'i.

56 Agus ghabh uamhas mòr a pàrantan<sup>n</sup>: ach thug esan àithne dhoibh gun an ni a rinneadh innseadh do neach air bith.

<sup>b</sup> leathad, àite corrach.    <sup>i</sup> bhàthadh.    <sup>l</sup> theich iad, (agus chaidh iad,) agus dh'innis.    <sup>m</sup> am fòlach.    <sup>n</sup> a ginteirean.



## C A I B. IX.

1 *Tha Crìosd a' cur a mach abstol a dh'oibreachadh mhìorbhuile, agus a shearmonachadh. 7 Tha togradh aig Herod Crìosd fhaicinn. 17 Tha Crìosd an déigh searmonachadh do'n t-sluagh, a' toirt lòn do chùig mìle aca gu mìorbhuileach, 22 ag inns-eadh fhulangais roinnh-làmh, 25 ag innseadh do na h-uile le'm b'àill a bhi 'nan deisciobuil da, gur éigin doibh eisiomplairs' a leantuinn. 28 Atharrachadh a chrutha, &c.*

**A** GUS ghairm e an dà fhear dheug<sup>o</sup> an ceann a chéile, agus thug e cumhachd agus ùghdarras doibh air na h-uile dheamhnaibh, agus a chum euslaintean a leigheas.

2 Agus chuir e mach iad a shearmonachadh rioghachd Dhé, agus a shlànuchadh nan euslan.

3 Agus thubhairt e riu, Na tugaibh ni air bith leibh chum na slighe, bat-aihe no màla, no aran, no airgid; ni mò bhios dà chòta aig gach fear agaibh.

4 Agus ge b'e air bith tigh d'an d'théid sibh a steach, fanaibh an sin, agus as sin rachaibh a mach<sup>p</sup>.

5 Agus cò air bith iad nach gabh ribh, air dhuibh dol a mach as a' bhaile sin, crathaibh dhibh eadhon an duslach o bhar cosaibh mar fhianuis 'nan aghaidh.

6 Agus chaidh iadsan a mach, agus ghabh iad tre na bailtibh, a' searmonachadh an t-soisgeil, agus a' leigheas anns gach àit.

7 Agus chual Herod an Tetrarch na h-uile nithe a rinneadh leis: agus bha e an imcheist, do bhrìgh gu'n dubhradh le cuid, gu'n robh Eoin air éirigh o na marbhaibh:

8 Agus le cuid, gu'n d'fhoillsich-eadh Elias: agus le cuid eile, gu'n robh aon do na sean fhàidhibh air éirigh a ris.

9 Agus thubhairt Herod, Thug mis' an ceann a dh'Eoin: ach cò e 'm fear so mu'n cluinneam a leithid so do nithibh? Agus dh'iarr e fhaicinn.

10 Agus air pilltinn do na h-abstolaibh, dh'innis iad dha gach ni a

rinn iad. Agus thug e leis iad, agus chaidh e fa leth gu àite fàsail, a bhuineadh do'n bhaile d'an goirear Bet-saida.

11 Agus an uair a fhuair an sluagh fios air, lean iad e: agus ghabh e d'a ionnsuidh iad, agus labhair e riu mu thimchioll rioghachd Dhé, agus léigh-is e iadsan aig an robh feum air leigh-eas.

12 Agus an uair a thòisich an là air teireachdainn thainig an dà fhear dheug, agus thubhairt iad ris, Cuir air falbh an sluagh, chum 's gu'n d'théid iad do na bailtibh agus do'n tìr m'an cuairt, agus gu'n gabh iad tàmh agus gu'm faigh iad biadh: oir tha sinn an so an àite fàsail.

13 Ach thubhairt esan riu, Thugaibhse dhoibh ni r'a itheadh. Agus thubhairt iadsan, Cha 'n'eil againn tuilleadh na cùig builinnean agus dà iasg: mur d'théid sinn agus biadh a cheannach do'n t-sluagh so uile.

14 Oir bha iad mu thimchioll cùig mìle fear. Agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cuiribh nan suidhe iad, leth-cheud anns gach cuideachd.

15 Agus rinn iad mar sin, agus chuir iad 'nan suidhe iad uile.

16 Agus ghabh e na cùig builinnean agus an dà iasg, agus air amharc suas gu nèamh, bheannuich e iad, agus bhris e, agus thug e d'a dheisciobluibh iad gu'n cur an làthair an t-sluaigh.

17 Agus dh'ith iad, agus shàs-uicheadh iad uile: agus thogadh dà chliabh dheug do bhiadh briste, a bha dh'fhuigheach aca.

18 Agus tharladh, air dha bhi ri ùrnigh fa leth, gu'n robh a dheisciobuil maille ris: agus dh'fheòraich e dhiubh, ag ràdh, Cò their an sluagh is mise?

19 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad, Eoin Baiste: ach their cuid, Elias: agus cuid eile, gu bheil aon do na sean fhàidhibh air éirigh a ris.

20 Thubhairt e riu, Ach cò their sibhse is mi? Agus fhreagair Peadar, agus thubhairt e, Crìosd Dhé.

21 Agus air dha sparradh teann a

<sup>o</sup> a dhà dheisciobul deug.

<sup>p</sup> fanaibh an sin gus am fàg sibh an t-àit.

thoirt doibh, dh'àithn e gun iad a dh'innseadh so do neach sam bith,

22 Ag ràdh, Gur éigin do Mhac an duine mòran fhulang, agus a bhí air a dhiultadh leis na seanairibh, agus an h-àrd shagartaibh, agus na scrìobhuichibh, agus a bhí air a chur gu bàs, agus air a thogail suas air an treas là.

23 Agus thubhairt e<sup>r</sup> a uile, Ma's àill le neach air bith teachd a'm' dhéighse, àicheadhadh se e féin, agus togadh e chrann-ceusaidh gach là, agus leanadh e mise.

24 Oir ge b'e neach le'm b'àill anam a thearnadh, caillidh se e: ach ge b'e neach a chailleas anam air mo sgàthsa, saoraidh esan e.

25 Oir ciod e an tairbhe do dhuine, ge do chosnadh e 'n saoghal gu h-ìomlan, agus e féin a chall, no bhí air a sgrìos?

26 Oir ge b'e neach a ghabhas nàire dhìomsa agus do m' bhriathraibh, gabhaidh Mac an duine nàire dheth-san, an uair a thig e 'na ghloir féin, agus an glòir Athar, agus nan aingeal naomha.

27 Ach a deirimse ribh gu fìrinn-cach, gu bheil cuid 'nan seasamh an so, nach blais bàs, gus am faic iad rioghachd Dhé.

28 Agus tharladh mu thimchioll ochd làithean an déigh nam briathar so<sup>r</sup>, gu'n d'thug e leis Peadar, agus Eoin, agus Seumas, agus gu'n deachaidh e suas gu beinn a dheanamh ùrnuigh.

29 Agus an uair a bha e ri ùrnuigh, bha dreach a ghnùise air atharrachadh, agus rinneadh eudach geal agus dealrach.

30 Agus feuch, bha dithis fear a' còmhradh ris, eadhon Maois agus Elias,

31 A nochdadh ann an glòir, agus a bha labhairt m'a bhàs<sup>s</sup>, a bha esan gu choimhlionadh ann an Ierusalem.

32 Ach bha Pheadar, agus iadsan a bha maille ris, trom 'nan codal: agus an uair a dhùisg iad, chunnaic iad a ghloir, agus an dithis fear a bha 'nan seasamh maille ris.

33 Agus an uair a bha iadsan a'

dealachadh ris, thubhairt Peadar ri h-Iosa, A mhaighstir, is maith dhuinne bhi 'n so, agus deanamaid tri bothain, aon duitse, agus aon do Mhaois, agus aon do Elias; gun fhios aige ciod a bha e 'g ràdh.

34 Am feadh a bha e ag ràdh so, thainig neul, agus chuir e sgàile orra: agus ghabh iad eagal an uair a bha iad a' dol a stigh san neul.

35 Agus thainig guth as an neul, ag ràdh, Is e so mo Mhac gràdhachsa, éisidibh ris.

36 Agus an uair a rinneadh an guth so, fhuaradh Iosa 'na aonar: agus dh'fhan iadsan 'nan tosd, agus cha d'innis iad do neach air bith anns na làithibh sin aon ni do na chunnaic iad.

37 Agus tharladh, an là 'na dhéigh sin, an uair a thainig iad a nuas o'n bheinn, gu'n do thachair sluagh mòr air.

38 Agus feuch, ghlaodh duine àraidh do'n t-sluagh, ag ràdh, A mhaighstir, guidheam ort, amhaire air mo mhac, oir is e m'aon duine cloinne e<sup>r</sup>.

39 Agus feuch, a ta spiorad a' breith air, agus a ta e gu h-obann ag éigheach, agus a ta e 'ga tharruing as a chéile air chor 's gu bheil e cur cobhair a mach, agus an déigh a chomh-bhrutliadh is gann a dh'fhàg-as se e.

40 Agus ghuidh mi air do dheisciobluibh gu'n cuiradh iad a mach e, agus cha b'urrainn iad.

41 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, O ghinealaich mhi-chreidich agus fhiar<sup>u</sup>, cia fhad a bhios mi maille ribh, agus a dh'fhuilgeas mi sibh? Thoir an so do mhac.

42 Agus am feadh a bha e fathast a' teachd, thilg an deamhan sìos e, agus reub se e: agus chronuich Iosa an spiorad neo-ghlan, agus shlànuich e 'n leanabh, agus thug e d'a athair e.

43 Agus ghabh iad uamhas uile ri mòr chumhachd Dhé. Ach air dhoibh uile bhi gabhail iongantais ris na h-uile nìthibh a rinn Iosa, thubhairt e<sup>r</sup> a dheisciobluibh,

44 Taisgibh na briathrasa ann bhur

<sup>r</sup> nan nìthe so. — <sup>s</sup> m'a shìubhal

<sup>u</sup> m'aon ghen e. <sup>u</sup> choirbte.



cluasaibh: oir tha Mac an duine gu bhì air a thoirt thairis do làmhaidh dhaoine.

45 Ach cha do thuig iadsan an còmlradh so, agus bha e folaichte uatha, air chor as nach b'aithne dhoibh e<sup>a</sup>: agus b'eagalach leo ceisd a chur air mu thimchioll a' chòmhraidh so.

46 An sin dh'éirich deasboireachd eatorra, cò aca bu mhò a bhitheadh.

47 Agus air do Iosa smuaintean an cridhe fhaicinn, ghabh e leanabh, agus chuir e làimh ris féin e,

48 Agus thubhairt e riu, Ge b'e ghabhas ris an leanabh so ann am ainmse, tha e a' gabhail riumsa: agus ge b'e neach a ghabhas riumsa, tha e gabhail ris an ti a chuir uaith mi: oir an neach a's lugha 'nar measgsa uile, bithidh esan mòr.

49 Agus fhreagair Eoin, agus thubhairt e, A mhaighstir, chunnaic sinne duine àraidh a' tilgeadh mach dheamhan a' t'ainmse; agus bhac sinn e, chionn nach 'eil e 'gar leanuinn-ne.

50 Agus thubhairt Iosa ris, Na bacaibh e: oir ge b'e nach 'eil 'nar n-aghaidh, tha e leinn.

51 A nis an uair a choimhlionadh làithean a ghabhail suas, shuidhich e a ghnùis chum dol gu Hierusalem,

52 Agus chuir e teachdairean roimh a ghnùis: agus dh'imich iad, agus chaidh iad a steach do bhaile leis na Samaritanaich, a dh'ulluchadh air a shonsar.

53 Agus cha do ghabh iadsan ris, a chionn gu'n robh aghaidh mar gu'm biodh e dol gu Hierusalem.

54 Agus an uair a chunnaic a dheisciobuil Seumas agus Eoin so, thubhairt iad, A Thighearn, an àill leat gu 'n abramaid<sup>b</sup> teine a theachd a nuas o nèamh, agus an losgadh, eadhon mar a rinn Elias?

55 Ach thionndaidh esan agus ehronuich e iad, agus thubhairt e, Cha 'n'eil fhios agaibh ciod a' ghnè spioraid d'am bheil sibh:

56 Oir cha d'thainig Mac an duine a sgrios anama dhaoine, ach g'an

saoradh. Agus chaidh iad gu baile eile.

57 Agus tharladh, an uair a bha iad ag imeachd air an t-slighe, gu'n dubhairt duine àraidh ris, A Thighearn, leanaidh mise thu ge b'e àit an d'théid thu.

58 Agus thubhairt Iosa ris, Tha tuill<sup>c</sup> aig na sionnaich, agus nid aig eunlaith an athair, ach cha 'n'eil àit aig Mac an duine anns an cuir e cheann fuidhe.

59 Agus thubhairt e ri duine eile, Lean mise: ach thubhairt esan, A Thighearn, leig dhomh dol air tùs agus m'athair adhlac.

60 Ach thubhairt Iosa ris, Leig leis na mairbh am mairbh féin adhlac; ach imich thusa agus searmonaich rioghachd Dhé.

61 Agus thubhairt neach eile mar an ceudna, A Thighearn, leanaidh mise thu: ach leig dhomh air tùs mo chead a ghabhail diubhsan a ta aig mo thigh.

62 Ach thubhairt Iosa ris, Cha 'n'eil neach air bith, a chuireas a làmh ris a' chrann-araidh, agus a sheallas 'na dhéigh, iomchuich air son rioghachd Dhé.

#### C A I B. X.

1 Tha Crìosd a' cur a mach a dh'aon uair 70 deisciobul a shearmonachadh; 17 ag iarraidh orra bhì iriosal, agus ag innseadh dhoibh ciod e an ni anns am buineadh dhoibh gairdeachas a dheanamh, 21 a' toirt buidheachas d'a Athair air son a ghràis, 23 a' cur an céill staid shona a dheisciobul, &c.

**A**N déigh nan nithe sin, dh'orduich an Tighearna mar an ceudna deichnear agus trì fichead eile, agus chuir e lìon dithis is dithis roimh a ghnùis iad, do gach baile, agus àit, anns an robh e féin gu teachd.

2 Air an aobhar sin thubhairt e riu, Tha 'm foghara gu fìrinneach mòr, ach a ta an luchd oibre tearc: guidhibh uime sin air Tighearn an fhogharaidh, luchd oibre chur a mach chum fhogharaidh féin.

3 Imichibh: feuch, a ta mise 'gar

<sup>a</sup> chum nach mothaicheadh iad e. <sup>b</sup> orduicheadh. <sup>c</sup> garaidh, brocluidh.

cur a mach mar uain am measg mhadradh alluidh.

4 Na iomchairibh sporan, no màla, no brògan; agus na beannuichibh do neach air bith san t-slighe.

5 Agus ge b'e tigh d'an d'théid sibh a steach, abraibh air tùs, Sìth do'n tigh so.

6 Agus ma bhios mac na sìth an sin, gabhaidh bhur sìth còmhnuidh air: ach mur bi, pillidh *bhur sìth* chugaibh<sup>d</sup> féin a ris.

7 Agus fanaibh anns an tigh sip, ag itheadh agus ag òl nan nithe a bheirear dhuibh: oir is fiu an t-oibriche a thuarasdal. Na rachaibh o thigh gu tigh.

8 Agus ge b'e baile d'an d'théid sibh a steach, agus san gabh iad ribh, ithibh na nithe sin a chuireas iad 'nar làthair.

9 Agus leighisibh a' mhuinntir a ta euslan ann, agus abraibh riu, Tha rioghachd Dhé air teachd am fagus duihbh.

10 Ach ge b'e baile d'an d'théid sibh a steach, agus nach gabh iad ribh, air dhuibh dol a mach air a shràidibh, abraibh,

11 Eadhon duslach bhur baile a lean ruinn, tha sinne a' glanadh dhinn 'nar n-aghaidhse: gidheadh, biodh fhios so agaibh gu'n do dhruid rioghachd Dhé ribh.

12 Ach a deirimse ribh, gur so-iomchair' a bhitheas e do Shodom san là ud, na do'n bhaile sin.

13 Is anaoibhinn duit, a Chorasín, is anaoibhinn duit, a Bhetsaida; oir nam bitheadh na h-oibre curghachdach a rinneadh annaibhse air an deanamh ann an Tirus agus ann an Sidon, is fad o'n a dheanadh iad aithreachas, 'nan suidhe ann an saic-eudach agus ann an luaithre.

14 Ach bithidh e ni's so-iomchaire<sup>e</sup> do Thirus agus do Shidon anns a' bhreitheanas, na dhuibhse.

15 Agus thusa, a Chapernaum, a ta air t'ardachadh gu nèamh, tilgear sìos gu h-ìfrinn thu.

16 Esan a dh'éisdeas ribhse, éisdidh e riumsa: agus esan a dhiultas sibhse, tha e ga m' dhiultadhsa: agus

an neach a dhiultas mise, tha e a' diultadh an ti a chuir uaith mi.

17 Agus phill an deichnear agus an tri fichead le gairdeachas, ag ràdh, a Thighearn, a ta na deamhain féin fa smachd againne trid t'ainmsa.

18 Agus thubhairt e riu, Chunnaic mi Satan, mar dhealanach, a' tuiteam o nèamh.

19 Feuch, a ta mi tabhairt dhuibh, cumhachd saltairt air nathraichibh agus air scorpionaibh agus air uile neart an nàmhaid; agus cha ghoirtich ni air bith air aon dòigh sibh.

20 Gidheadh na deanaibh gairdeachas air son gu bheil na spioraid fa'r smachd; ach deanaibh gairdeachas air son gu bheil bhur n-ainmeanua scribedhta anns na nèamhaibh.

21 Anns an uair sin féin rinn Iosa gairdeachas 'na spiorad, agus thubhairt e, Tha mi toirt buidheachais duit, O Athair, a Thighearna nèimhe agus talmhainn, air son gu'n d'fholaich thu na nithe o *dhaoinibh* glise agus tuigseach, agus gu'n d'fhoillsich thu iad do naoidheanaibh: seadh, Athair, oir is ann mar sin bu toil leatsa.

22 Tha na h-uile nithe air an tabhairt domhsa le m' Athair: agus cha'n aithne do neach air bith cò e am Mac, ach do'n Athair; no cò e an t-Athair, ach do'n Mhac, agus an neach d'an àill leis a' Mhac fhoillseachadh.

23 Agus air tionndadh r'a dheisciobluibh, thubhairt e riu os ìosal, Is beannuichte na sùilean a chi na nithe ta sibhse a' faicinn.

24 Oir a deirim ribh, Gu'm b'iomadh fàidh agus righ, le'm bu mhiann na nithe fhaicinn a ta sibhse a' faicinn, agus nach fac *iad*; agus na nithe a' chluinntinn, ta sibhse a' cluinntinn, agus nach cual *iad*.

25 Agus feuch, sheas fear-lagha àraidh suas, 'ga dhearbhadh<sup>f</sup>, agus ag ràdh, A mhaighstir, ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?

26 Agus thubhairt e ris, Ciod a tha scriobhta san làgh? cionnus a leughas tu?

27 Agus ag freagairt dasan, thubh-



air e, Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile neart, agus le d' uil' inntinn, agus do choimhearsnach mar thu féin.

28 Agus thubhairt esan ris, Is ceart a fhreagair thu : deansa so, agus bithidh tu beo.

29 Ach air dhasan toil a bhi aige e féin fhìreanachadh, thubhairt e ri h-Iosa, Agus cò e mo choimhearsnach?

30 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e, Chaidh duine àraidh sìos o Hierusalem gu Iericho, agus thuit e am measg luchd-reubainn<sup>8</sup>, agus air dhoibh a rùsgadh, agus a lotadh, dh'imich iad rompa, air fhàgail-san doibh leth-mharbh.

31 Agus tharladh gu'n d'imich sagart àraidh sìos air an t-slighe sin : agus an uair a chunnaic se e, ghabh e seachad air an taobh eile.

32 Agus mar an ceudna air do Lebhitheach bhi dùth do'h ionad sin, thainig e agus dh'amhairc e air, agus ghabh e seachad air an taobh eile.

33 Ach air do Shamaritanach àraidh bli gabhail an rathaìd, thainig e far an robh esan : agus an uair a chunnaic se e, ghabh e truas mòr deth,

34 Agus thainig e d'a ionnsuidh, agus cheangail o suas a chreuchdan, a' dortadh ola agus fiona amnta, agus chuir e air ainmhidh féin e, agus thug e gu tigh òsda e, agus ghabh e cùram dheth.

35 Agus air an là maireach, 'nuair a dh'fhalbh e, thug e mach dà pheighinn *Romhanach*, agus thug e do fhear an tigh òsda iad, agus thubhairt e ris, Gabh cùram dheth ; agus ge b'e ni tuilleadh a chaitheas tu, an tràth philleas mise air m'ais, diolaidh mi dhuit e.

36 Cò a nis do'n truir so, a shaoileas tu, bu choimhearsnach dhasan a thuit am measg an luchd reubainn ?

37 Agus thubhairt esan, An ti a rinu ròcair air. An sin thubhairt Iosa ris, Imich thusa, agus dean mar an ceudna.

38 Agus ag imeachd dhoibh, chaidh e steach do bhaile àraidh ; agus ghabh

bean àraidh, d'am b'ainm Marta, d'a tigh féin e.

39 Agus bha piuthar aice d'an goirte Muire, a suidh aig cosaibh Iosa, agus a bha 'g éisdeachd fhocail.

40 Ach bha Marta air a ro chùradh le mòran frithealaidh, agus air seasamh dhi 'na làthair, thubhairt, i, A Thighearn, nach 'eil suim agad gu'n d'fhàg mo phiuthar mise a'm' aonar ri frithealadh ? uime sin abair rithe cuideachadh leam.

41 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e rithe, a Mharta, a Mharta, tha thusa lan cùram, agus dragha mu thimchioll mòrain do nithibh ;

42 Ach a ta aon ni feumail. Agus rinn Muire roghainn do'n chuid mhaith sin, nach d'thoirear uaipe.

### C A I B. XI.

1 *Tha Crìosd a' teagasg d'a dheisciobluibh ùrnuigh dheanamh gu bith-chionta le dùrachd,* 11 *'gan deanamh cinnteach gu'n d'thoir Dia mar sin nithe maithe dhuinn :* 14 *Tha e tilgeadh mach deamhain a bha balbh, agus a' cronachadh nam Phairiseach air son an toibheim, &c.*

**A** GUS tharladh air dha bhi ann an ionad àraidh ri h-ùrnuigh, 'nuair a sguir e, gu'n dubhairt neach àraidh d'a dheisciobluibh ris, A Thighearna, teagaisg dhuinne ùrnuigh dheanamh, mar a theagaisg Eoin d'a dheisciobluibh féin.

2 Agus thubhairt e riu, 'Nuair a ni sibh ùrnuigh, abraibh, Ar n-Athair a ta air nèamh, Gu naomhaichear t'ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil, mar air nèamh, gu ma h-amhluidh sin air thalamh.

3 Tabhair dhuinn o là gu là ar n-aran lathail.

4 Agus maith dhuinn ar peacaidh : oir a ta sinne féin a' maitheadh do gach aon air am bheil fiachan againn. Agus na leig ann am buaireadh sinn, ach saor sinn o'n olc.

5 Agus thubhairt e riu, Cò agaibhse aig am bi caraid, agus a theid d'a ionnsuidh air mheadhon-oidhche, agus a their ris, A charaid, thoir dhomh tri builinnean air iasachd ;

6 Oir thainig caraid dhomh a' m' ionnsuidh as a shlighe, agus chia 'n eil ni agam a chuireas mi 'na làthair.

7 Agus gu'm freagair esan o'n taobh a stigh agus gu'n abair e, Na cuir dragh orm: tha 'n dorus a nis air a dhùnadh, agus tha mò chlann maille rium san leabaidh; cha'n fhaigh mi éirigh agus an toirt duit.

8 A deirim ribh, Ge nach éirich e agus nach toir e dha, air son gur e charaid e; gidheadh air son a liosdachd, éiridh e agus bheir e dha mheud 's a ta dh'uireasbhuidh air.

9 Agus a deirimse ribh, Tarraibh, agus bheirear dhuibh: siribh, agus gheibh sibh: buailibh an dorus, agus fosgailear dhuibh.

10 Oir gach neach a dh'iarras, glacaidh e: agus an ti a shireas, gheibh e: agus do'n ti a bhuailas, fosgailear.

11 Ma dh'iarras mac aran air aon neach agaibhse ta 'na athair, an toir e dha clach? no ma dh'iarras e iasg, an toir e nathair dha an àit éisg?

12 No ma dh'iarras e ubh, an toir e scorpion da?

13 Air an aobhar sin ma 's aithne dhuibhse a ta olc, tiodhlacan maithes a thoirt d'ar cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir bheur n-Athair nèamhaidh an Spiorad naomh dhoibhsan a dh'iarras air e?

14 Agus bha e tilgeadh a mach deamhain, agus bha e balbh. Agus air dol do'n deamhan a mach, labhair am balbhan; agus ghabh an sluagh iongantais.

15 Ach thubhairt cuid diubh, Is ann trid Bheelsebub prionnsadhi nan deamhan a ta e tilgeadh mach dheamhan.

16 Agus dh'iarr dream eile dhiubh, 'ga dhearbhadh, comhar air o nèamh.

17 Ach air dhasan an smuaintean a thuigsinn, thubhairt e riu, Gach rioghachd a ta roinnte 'na h-aghaidh féin, fàsaichear i; agus gach tigh a ta roinnte 'na aghaidh féin, tuitidh e.

18 Agus ma ta Satan mar an ceudna air a roinn 'na aghaidh féin, cionnus a sheasas a rioghachd? oir tha sibhse ag ràdh, gu bheil mise trid

Bheelsebub a' tilgeadh mach dheamhan.

19 Agus ma 's ann tre Bheelsebub ataimse tilgeadh mach dheamhan, cò e trid am bheil bheur clann-sa 'gan tilgeadh mach? uime sin bithidh iadsan 'nam breitheanaibh oirbh.

20 Ach ma 's ann le mèur Dhé ataimse a' tilgeadh mach dheamhan, tha rioghachd Dhé, gun teagamh, air teachd oirbhse.

21 'Nuair a ghleidheas duine làidir fa armaibh a thalla<sup>1</sup> féin, tha na bhuineas da ann an sìth.

22 Ach an uair a thig duine a's treise na e, agus a bheir e buaidh air, bheir e uaith armachd uile anns an robh a dhòigh, agus roinnidh e a chreach.

23 An neach nach 'eil leamsa, tha e a'm' aghaidh, agus an neach nach 'eil a' cruinneachadh leamsa, sgapaidh e.

24 'Nuair a théid an spiorad neoghlan a mach a duine, imichidh e tre ionadaibh tiorra, 'g iarraidh fois: agus an uair nach faigh e sin, their e, Pillidh mi dh'ionnsuidh mo thighe as an d'thainig mi.

25 Agus air dha teachd, gheibh se e air a sguabadh agus air a dheanamh maiseach.

26 An sin imichidh e, agus bheir e leis seachd spioraid eile a's measa na e féin, agus air dhoibh dol a steach, gabhaidh iad còmhuidh an sin: agus bithidh deireadh an duine sin ni 's measa na a thoiseach.

27 Agus an uair a bha e labhairt nan nithe so, thog bean àraidh do'n t-sluagh a guth, agus thubhairt i ris, Is beannuicht' a' bhrù a ghiùlain thu, agus na cìochan a dheoghail thu.

28 Ach thubhairt esan, Is mò gur beannuicht' iadsan a dh'éisdeas ri focal Dé, agus a choimhideas e.

29 Agus an uair a chruinnich an sluagh gu tiugh d'a ionnsuidh, thòisich e air a ràdh, Is droch ghinealach so: tha iad ag iarraidh combaraidh, agus cha toirear comhara dhoibh, ach comhara Ionais an fhàidh.

30 Oir mar a bha Ionas 'na chomhara do mhuinntir Ninebheh, is ann mar sin mar an ceudna bhios Mac an duine do'n ghinealach so.



51 Eiridh ban-rìghinn na h-àirde deas suas anns a' bhreitheanas maille ri daoineibh a' ghinealach so, agus dìtidh sì iad: oir thainig ise o iomall-aibh na talmhainn, a dh'éisdeachd ri gliocas Sholaimh; agus feuch, *a ta* ni's mò na Solamh an so.

52 Eiridh muinntir Ninebheh suas anns a' bhreitheanas maille ris a' ghinealach so, agus dìtidh iad e: oir rinn iadsan aithreachas le searmoin Ionais; agus feuch, *a ta* ni's mò na Ionas an so.

53 Cha 'n'eil neach sam bith, air dha coinneal a lasadh, a chuireas am folach i, no fuidh shoitheach; ach ann an còinneir, chum 's gu 'm faic an dream a thig a stigh an solus.

54 'S i an t-sùil solus a' chuirp: uime sin an uair a bhios do shùil glan, bithidh do chorp uile làn soluis: ach an uair a bhios do shùil gu h-olc, bithidh do chorp mar an ceudna dorch.

55 Uime sin thoir an aire, nach bi 'n solus a ta annad 'na dhorchadas.

56 Air an aobhar sin ma bhitheas do chorp uile soillseach, gun chuid sam bith dheth dorch, bithidh e soillseach gu h-iomlan, mar an uair a shoillsicheas coinneal thu le dealradh.

57 Agus ag labhairt dhasan, dh'iarr Phairiseach àraidh air a dhinneir a ghlabhail maille ris: agus chaidh e stigh, agus shuidh e chum bith.

58 Agus an uair a chunnaic am Phairiseach sin, b'ìoghnadh leis nach d'ionnlaid se e féin roimh a dhinneir.

59 Agus thubhairt an Tighearna ris, A nis, Phairiseacha, glanaidh sibhse an taobh a muigh do'n chupan agus do'n mhèis: ach a ta 'n taobh a stigh dhiubh làn do reubainn agus a dh'aingidheachd.

40 Amadana, an ti a rinn an ni a ta 'n taobh a muigh, nach do rinn e an ni a ta 'n taobh a stigh mar an ceudna?

41 Ach thugaibh uaibh déire do na nithibh a ta agaibh: agus feuch, a ta na h-uile nithe glan duibh.

42 Ach is anaoibhinn duibh, Phairiseacha: oir a ta sibh a' toirt deachaimh a mionnt, agus a rù, agus as gach uile ghnè luibheanna, agus a' gabhail thairis air breitheanas agus air gràdh Dhé: bu chòir dhuibh iad se a

dheanamh, agus gun iad sud fhàgail gun deanamh.

43 Is anaoibhinn duibh, Phairiseacha: oir is ionmhuinn libh na ceud àiteacha-suidhe anns na sion-agogaibh, agus fàilte *fhaoitainn* air na margaibh.

44 Is anaoibhinn duibh, a scriobh-uichean agus Phairiseacha, a cheig-airean: oir a ta sibh mar uaignean nach faicear, agus do nach toir na daoine a ta 'g imeachd thairis orra, an aire.

45 Agus fhreagair duine àraidh do'n luchd lagha, agus thubhairt e ris, A mhaighstir, le so a labhairt, tha thu toirt maslaidh dhuinne mar an ceudna.

46 Agus thubhairt esan, Is anaoibhinn duibhse mar an ceudna, a luchd-lagha: oir a ta sibh a' cur uallacha troma do-ghrùlan air daoineibh, agus cha bhean sibh féin ris na h-uallaichibh le h-aon d'ar mèuraibh.

47 Is anaoibhinn duibh: oir a ta sibh a' togail àitean-adhlaic nam fàidh, agus is iad bhuir n-aithriche a mharbh iad.

48 Gu deimhin a ta sibh a' toirt fianuis gu bheil sibh ag aontachadh le gnìomharaibh bhuir n-aithriche: oir mharbh iadsan gu deimhin iad, agus a ta sibhse a' togail an àitean-adhlaic.

49 Air an aobhar sin thubhairt gliocas Dé, Cuiridh mise fàidhean, agus abstoil d'an ionnsaidh, agus cuid diubh marbhaidh iad, agus cuid eile geur-leanaidh iad:

50 Chum gu'n agrar air a' ghinealach so fuil nam fàidh uile a dhòirt-cadh o thoiseach an domhain;

51 O fhuil Abeil gu fuil Shachariais, a mhillaidh eadar an altair agus an teampull: gu deimhin a deirim ribh gu'n agrar i air a' ghinealach so.

52 Is anaoibhinn duibh, a luchd-lagha: oir thug sibh air falbh iuchair an eòlais: cha deachaidh sibh féin a steach, agus an dream a bha dol a steach, bhac sibh iad.

53 Agus an uair a bha e labhairt nan nithe so riu, thòisich na scriobh-uichean agus na Phairisich air a chur chuige gu dian, agus a tharruing gu labhairt air mòran do nithibh:

54 A deanamh feall-aire air, (agus) ag iarraidh ni eigin a ghlacadh as a bheul, chum gu'm biodh cùis dhìtidh aca 'na aghaidh.

## C A I B. XII.

1 *Tha Criosd a' searmonachadh d'a dheisciobluibh iad a sheachnadh ceilg, agus geilt ann an cur a theagaisg an céill, 13 a' toirt rabhaidh do 'n t-sluagh a bhi air am faicill an aghaidh sainnt, le cosamhlachd an duine shaibhir a chuir roimhe, air d'a thalamh bàrr mòr a thoirt a mach, saibhlean bu mhò a thogail, 22 Cha 'n fheud sinn bhi ro-chùramach mu nithibh talmhaidh; 31 ach is còir dhuinn rioghachd Dhé iarraidh, 33 déirc a thoirt uainn, &c.*

**A**NNS an àm sin, an uair a bha sluagh gun àireamh air cruinneachadh, ionnus gu 'n robh iad a' saltairt air a chéile, thòisich e air a ràdh r'a dheisciobluibh féin, Roimh gach ni bithibh air bhiur faicill o thaois ghoirt nam Phairiseach, eadhon cealgaireachd.

2 Oir cha 'n'eil ni air bith foluichte, nach foillsichear; no uaigneach, air nach faighear fios.

3 Air an aodhar sin ge b'e ni a labhair sibh san dorchadas, cluinnear e san t-solus: agus an ni a labhair sibh 'sa chluais an seomraichibh uaigneach, gairmear e air mullach nan tighean.

4 Agus a deirim ribhse, mo chàirde, Na biodh eagal oirbh roimh 'n mhuinntir sin a mharbhas an corp, agus 'na dhéigh sin aig nach 'eil ni tuilleadh dh'fheudas iad a dheanamh.

5 Ach nochdaidh mi dhuibh cò e roimh an còir dhuibh eagal a bhi oirbh: Biodh eagal an Ti ud oirbh, aig am bheil cumhachd, an déigh neach a mharbhadh, a thilgeadh do ifrinn; seadh, a deirim ribh, Biodh eagal an Ti so oirbh.

6 Nach 'eil cùig gealbhoinn air an reiceadh air dhà fheoirling, agus cha 'n'eil aon duibh air dhearmad am fianuis Dé?

7 Ach a ta eadhon fuilteine bhuir cinn uile air an àireamh. Uime sin

na biodh eagal oirbh: is fearr sibhse na mòran ghealbhoonn.

8 Agus a deirimse ribh, Ge b'e neach a dh'aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh Mac an duine esan mar an ceudna an làthair aingle Dhé.

9 Ach ge b'e neach a dh'àicheadh as mise am fianuis dhaoine, àicheadh esan am fianuis aingle Dhé.

10 Agus ge b'e neach a labhras focal an aghaidh Mhic an duine, maithear dha e: ach do'n ti a labhras toibheum an aghaidh an Spioraid naoimh, cha toirear maitheanas.

11 Agus an uair a bheir iad sibh chum nan sionagag, agus nan uachdaran, agus nan daoine cumhachdach, na biodh e 'na ro-chùram oirbh cionnus no ciod a fhreagras sibh, no ciod a their sibh:

12 Oir teagaisgidh an Spiorad naomha dhuibh anns an uair sin féin na nithe 's còir dhuibh a ràdh.

13 Agus thubhairt neach àraidh do'n t-sluagh ris, A mhaighstir, abair re m' bhràthair an oighreachd a roinn rium.

14 Agus thubhairt e ris, A dhuine, cò a chuir mise a'm' bhreitheamh, no a'm' fhear-roinn os bhuir cionn?

15 Agus thubhairt e riu, Thugaibh an aire, agus gleidhibh sibh féin o shannt: oir cha 'n ann am mòr phailteas nan nithe ta e sealbhachadh tha beatha an duine.

16 Agus labhair e cosamhlachd riu, ag ràdh, Thug fearann duine shaibhir àraidh bàrr pailte uaith.

17 Agus smuainich e ann féin, ag ràdh, Ciod a ni mi, chionn nach 'eil agam àit anns an cruinnich mi mo thoraidh?

18 Agus thubhairt e, Ni mi so: leagaidh mi mo shaibhlean, agus togaidh mi saibhlean a's mò; agus cruinnichidh mi annta sin mo thoraidh uile, agus mo mhaoin.

19 Agus their mi ri m' anam, Anam, a ta agad mòran do nithibh maithe air an tasgaidh fa chomhair mòraia bhliadhna; gabh fois, ith, òl, is bi subhach.

20 Ach thubhairt Dia ris, Amadain, air an oidhche so féin iarrar t'anam uait: an sin cò dha a bhuimeas na nithe sin a dh'ulluich thu?



21 Is ann mar sin a ta 'n ti a thaisgeas ionmhas dha féin, agus nach 'eil saibhir a thaobh Dhé.

22 Agus thubhairt e r'a dheis-ciobluibh, Uime sin a deirimse ribh, na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh'itheas sibh; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh.

23 Is mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t-eudach.

24 Thugaibh fa'near na fithich: oir cha 'n'eil iadsan a' cur no buain; cha 'n'eil aca taisg-thigh no sabhal; agus a ta Dia 'gam beathachadh: Cia mòr is fearr sibhse na 'n eunlaith?

25 Agus cò agaibhse le ro-chùram is urrainn aon làmh-choille<sup>m</sup> a chur r'a àirde féin?

26 Mur 'eil sibh uime sin comasach air an ni a's lugha a dheanamh, e'ar son a ta sibh ro-chùramach mu nithibh eile?

27 Thugaibh fa'near na lilighean, cionnus a ta iad a' fàs: cha 'n'eil iad a' saothreachadh, no a' snìomh: gidheadh a deirim ribh, nach robh Solamh féin 'na ghlòir uile, air a sgeadachadh mar aon duibh so.

28 Agus ma ta Dia mar sin a sgeadachadh an fheoir, a ta 'n diùgh sa' mhachair, agus am maireach air a thilgeadh san àmhuinn; nach mòr is mò a sgeadaicheas e sibhse, O dhaoine air bheag creidimh?

29 Uime sin na iarraibhse ciod a dh'itheas sibh, na ciod a dh'òlas sibh, agus na bithibh amharusach.

30 Oir na nithe so uile ta Cinnich an t-saoghail ag iarraidh: ach a ta fhios aig bhur n-Athairse gu bheil feum agaibh air na nithibh sin.

31 Ach iarraibhse rioghachd Dhé, agus cuirear na nithe so uile ribh.

32 Na biodh eagal ort, a threud bhithe; oir is e deadh thoil bhur n-Athar an rioghachd a thoirt duibh.

33 Reicibh na bheil agaibh, agus thugaibh déire uaibh: deanaibh dhuibh féin sporain nach fàs sean, ionmhas nach teirig anns na nèamhaibh, far nach d'thig gaduiche an fagus, agus nach truaill an reudan<sup>n</sup>.

34 Oir ge b'e àit am bheil bhur

n-ionmhas, an sin bithidh bhur cridhe mar an ceudna.

35 Biodh bhur leasruidh criosraichte m'an cuairt, agus bhur lòchrain air an lasadh;

36 Agus sibh féin cosmhuil ri daoineibh a ta feitheamh an Tighearna, 'nuair a philleas e o'n phòsadh, chum air dha teachd agus bualadh, gu'n grad-fhosgail iad dha.

37 Is beannuichte na seirbhisich sin, a gheibh an Tighearna, 'nuair a thig e, ri faire: gu deimhin a deirim ribh gu 'n criosraich se e féin m'an cuairt, agus gu'n cuir e 'nan suidhe iad chum bidh, agus gu'n d' thig e mach agus gu'n dean e frithealadh dhoibh.

38 Agus ma thig e san dara faire, no ma thig e san treas faire, agus gu'm faigh e iad mar sin, is beannuichte na seirbhisich sin.

39 Agus biodh cinnt agaibh air so, nam biodh fhios aig fear an tighe cia an uair anns an d'thigeadh an gaduiche, gu'n deanadh e faire, agus nach fuilgeadh e a thigh a bhi air a tholladh trid.

40 Bithibhse uime sin deas mar an ceudna: oir thig Mac an duine 'nuair nach saoil sibh.

41 Agus thubhairt Peadar ris, A Thighearna, an ann ruinne ta thu labhairt a' chosamchlachda so, no ris gach uile?

42 Agus thubhairt an Tighearna, Cò e uime sin an stiùbhard firinneach agus glic sin, a chuireas a Thighearna os cionn a theaghlaich, a thoirt doibh an cuibhrinn bidh 'na àm féin?

43 Is beannuichte an seirbhiseach sin, a gheibh a Thighearna an uair a thig e, a' deanamh mar sin.

44 Gu firinneach a deirim ribh, gu 'n cuir se e os cionn na bheil aige.

45 Ach ma their an seirbhiseach sin 'na chridhe, Tha mo Thighearna a' cur dàil 'na theachd; agus ma thòisicheas e air na h-òglaich agus na ban-òglaich a bhualadh, agus itheadh, agus òl, agus a bhi air mhisg:

46 Thig Tighearna an t-seirbhisich sin ann an là nach 'eil sùil aige ris,

agus ann an uair nach fios da, agus gearraidh e 'na bhloighdibh e<sup>o</sup>, agus bheir e a chuibhrionn da maille ris na mi-chreidich.

47 Agus an seirbhiseach sin d'am b'aithne toil á mhaighstir, agus nach d'ulluich e féin, agus nach d'rinn a réir a thoile, buailear e le mòran bhuillean.

48 Ach an ti da nach b'aithne, agus a rinn nithe a b'airidh air buillibh, buailear esan le beagan do bhuillibh. Oir gach neach d'an d'thugadh mòran, iarrar mòran uaith: agus ge b'e ri 'n d'earbadh mòran, iarrar an tuilleadh air.

49 Thainig mise a chur teine air an talamh, agus ciod is àill leam, ma ta e cheana air fhadadh.

50 Ach a ta baisteadh agam ri bhi air mo bhaisteadh leis, agus cionnus a ta mi air mo theannadh gus an coimhlionar e!

51 Am bheil sibh a' saoil sinn gu'n d' thainig mise a thoirt sìth air an talamh? ni h-eadh, a deirim ribh, ach aimh-reit.

52 Oir bithidh a so suas cùigear an aon tigh air an roinn, triuir an aghaidh dithis, agus dithis an aghaidh triuir.

53 Bithidh an t-athair air a roinn an aghaidh a' mhic, agus am mac an aghaidh an athar; a' mhàthair an aghaidh na h-inghin, agus an nigh-ean an aghaidh na màthar; a' mhàthair chéile an aghaidh mnà a mic, agus bean a' mhic an aghaidh a màthar-chéile.

54 Agus thubhairt e mar an ceudna ris an t-sluagh, 'Nuair a chi sibh neul ag éirigh san àirde 'n iar, air ball their sibh, A ta fras a' teachd; agus a ta e mar sin.

55 Agus an uair a chi sibh a' ghaoth a deas a' séideadh, their sibh, Bithidh teas ann; agus a ta e tachairt.

56 A chealgair, is aithne dhuibh breth a thoirt air aghaidh nan speur, agus na talmhainn: ach cionnus nach 'eil sibh a' toirt breth air an aimsir so?

57 Agus c'ar son nach 'eil sibh eadhon uaibh féin a' breithneachadh an ni sin a ta ceart?

58 'Nuair a théid thu maille ri d'eascaraid chum an uachdarain, dean dìchioll san t-slighe air bhi air do shaoradh uaith<sup>p</sup>; air eagal gu'n tar-ruing e chum a' bhreitheimh thu, agus gu'n tabhair am breitheamh thairis do'n mhaor thu, agus gu'n tilg am maor am priosun thu.

59 A deirim riut, nach d'théid thu mach as sin, gus an òc thu eadhon a' pheghinn dheireannach.

## C A I B. XIII.

1 *Tha Crìosd a' searmonachadh aithreachais o'n sgrìos a thainig air na Galiléaich, agus muinntir eile. 6 Cosamhlachd na craoibh-fhige gun toradh. 11 Tha Crìosd a' slànachadh na mnà a bha air a cromadh le h-eucail phiantaich rè ochd bliadhna deug; &c.*

**A** GUS bha làthair san àm sin daoine àraidh ag innseadh dha mu thimchioll nan Galiléaich, muinntir a mheasg Pilat am fuil maille r'an iobairtigh.

2 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Am bheil sibh a' saoil sinn gu'n robh na Galiléaich sin 'nam peacachaibh ni's mò na na Galiléaich uile, air son gu'n d' fhulaing iad a leithid so?

3 Ni h-eadh, a deirim ribh: ach mur dean sibh aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna.

4 No na h-ochd fir dheug sin air an do thuit an tùr ann an Siloam, agus a mharbh iad, an saoil sibh gu'n robh iadsan 'nam peacachaibh<sup>r</sup> os cionn nan uile dhaoine a bha 'nan còmhnuidh an Ierusalem?

5 Ni h-eadh, a deirim ribh: ach mur dean sibh aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna.

6 Labhair e mar an ceudna an cosamhlachd so: Bha aig duine àraidh crann-fige suidhichte 'na ghàradh fìona<sup>t</sup>: agus thainig e 'g iarraidh toraidh air, agus cha d'fhuair e.

7 An sin thubhairt e ris a' ghàra-

<sup>o</sup> sgaraidh e uaith e.

<sup>p</sup> air a bhi rèidh ris.

<sup>r</sup> féichneibh.

<sup>s</sup> fhòn-lios.





dair<sup>t</sup>, Feuch, a ta mi rè thri bliadhna a' teachd a' dh'iarraidh toraidh air a' chrann-fhige so, agus cha 'n'eil mi faotainn a bheag: gearr sìos e, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn?

8 Agus fhreagair esan agus thubhairt e ris, A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll, agus gu'n cuir mi aolach<sup>u</sup> m'a bhun:

9 Agus ma ghiùlaineas e toradh, is marth sin: ach mur giùlain, 'na dhéigh sin gearraidh tu sìos e.

10 Agus bha e a' teagasg an aon do na sionagogaibh air an t-sàbaid.

11 Agus feuch, bha bean àraidh a làthair aig an robh spiorad an-mhuinneachd rè ochd bliadhna deug, agus bha i air a cromadh ri chéile, agus gun chomas aice air chor sam bith i féin a dhìreachadh.

12 Agus an uair a chunnaic Iosa i, ghairm e d'a ionnsuidh i, agus thubhairt e rithe, A bhean, tha thu air d' fhuasgladh<sup>a</sup> o d' anmhuinneachd.

13 Agus chuir e a làmhan oirre: agus air ball<sup>b</sup> rinneadh dìreach i, agus thug i glòir do Dhia.

14 Agus fhreagair uachdaran na sionagoige, agus e làn do fheirg air son gu'n d'rinn Iosa leigheas air latha na sàbaid, agus thubhairt e ris an t-sluagh, Tha sea làithean anns an còir obair a dheanamh: orra so air an aobhar sin thigibh, agus bithibh air bhur leigheas, agus na b'ann air latha na sàbaid.

15 An sin fhreagair an Tighearn e, agus thubhairt e, A chealgair<sup>c</sup>, nach fuasgail gach aon agaibh a dhámh no asal o'n phrasaich, agus nach toir e gu uisge e air latha na sàbaid?

16 Agus nach bu chòir a' bhean so, a ta 'na h-inghin do Abraham, a cheangail Satan a nis rè ochd bliadhna deug, a bhi air a fuasgladh o'n chuibhreach so air latha na sàbaid?

17 Agus an uair thubhairt e na nithe sin, chuireadh a naimhdean uile gu nàire: ach rinn an sluagh

uile gairdeachas, air son nan uile nithe glòrmhor a rinneadh leis.

18 An sin thubhairt e, Cia ris a ta rioghachd Dhé cosmhuil? agus cia ris a shamhlaicheas mi i?

19 Tha i cosmhuil ri gràinne do shìol mustaird, a ghabh duine, agus a chuir e 'na ghàradh, agus dh'fhàs e, agus rinneadh craobh mhòr dhieth: agus rinn eunlaith an athair nid 'na geugaibh.

20 Agus thubhairt e a ris, Cò ris a shamhlaicheas mi rioghachd Dhé?

21 Tha i cosmhuil ri taois ghoird<sup>d</sup>, a ghabh bean agus a dh'fholaich i an tri tomhasaibh mine, gus an do ghoirticheadh an t-ìomlan.

22 Agus chaidh e tre<sup>e</sup> gach cath-air agus baile beag, a' teagasg, agus a' gabhail na slighe gu Hierusalem.

23 An sin thubhairt neach àraidh<sup>f</sup> ris, A Thighearn, an tearc iad a shaorar? Agus thubhairt esan riu,

24 Deanaibh spairn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann: oir a deirim ribh, gu'n iarr mòran dol a stigh, agus nach urrainn iad.

25 O'n uair a dh'èireas fear an tighe, agus a dhùineas e 'n dorus, agus a thòisicheas sibhse air seasamh a muigh, agus an dorus a bhualadh, ag ràdh, A Thighearn, a Thighearn, fosgail duinn; agus air dhasan freagair their e ribh, Cha'n aithne dhomh sibh, cò as a ta sibh:

26 An sin tòisichidh sibh air a ràdh, Dh'ith sinn agus dh'òl sinn a'd làthair, agus theagaisg thiu 'nar sràidibh.

27 Ach their esan, A deirim ribh, cha 'n aithne dhomh sibh, cò as a ta sibh; imichibh uam uile, a' luchd deanamh na h-eucorach.

28 An sin bithidh gul agus giosg an fhliacal, an uair a chi sibh Abraham, agus Isaac, agus Jacob, agus na fàidhean uile ann an rioghachd Dhé, agus sibh féin air bhur tilgeadh a mach.

29 Agus thig iad o'n àird an ear, agus o'n àirde 'n iar, agus o'n àirde tuath agus deas, agus suidhidh iad ann an rioghachd Dhé.

<sup>t</sup> ghairdinear. <sup>u</sup> inneir. <sup>a</sup> air do shaoradh. <sup>b</sup> san uair sin féin.

<sup>c</sup> A chealgaircan. <sup>d</sup> laibhin. <sup>e</sup> troimh, trid. <sup>f</sup> àraid.

30 Agus feuch, a ta daoine air dheireadh a bhitheas air thoiseach, agus air thoiseach a bhitheas air dheireadh.

31 Air an là sin féin thainig Phairisich àraidh d'a ionnsuidh, ag ràdh ris, Gabh<sup>s</sup> a mach, agus imich as so: oir tha toil aig Herod do mharbhadh.

32 Agus thubhairt e riu, Imichibh agus innsibh do'n t-sionnach sin, Feuch, a ta mi tilgeadh mach dheamhan, agus a ta mi deanamh leigheas an diugh, agus am maireach, agus air an treas là bithidh mi air mo dheanamh foirfe.

33 Gidheadh, is éigin domh imeachd an diugh agus am maireach, agus an là 'na dhéigh sin: oir cha'n fheud e bhi gu'n cuirear fàidh gu bàs a mach a Ierusalem.

34 A Ierusalem, a Ierusalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlachas an dream a chuirear a d' ionnsuidh: cia minic a b'àill leam do chlann a chruinneachadh, mar a chruinnicheas cearc a h-àlach fuidh a sgiathaibh, agus cha b'àill libh?

35 Feuch, dh'fhàgadh bhur tigh fàs agaibh: agus gu deimhin a deirim ribh, nach faic sibh mise, gus an d'thig an t-àm, anns an abair sibh, Is beannuicht' an ti a thig an ainm an Tighearna.

## C A I B. XIV.

2 Tha Crìsd a' slànuchadh neach air an robh a' mheud-bhronn, 7 a' teagasg irioslachd. 16 Le cosamhlachd na suipeire mòire, tha e a' nochdadh cionnus a bhios daoine saoghalla, a ni tàir air focal Dé, air an druideadh a mach a rioghachd nèimhe, &c.

**A**GUS tharladh, an tràth chaidh e gu tigh uachdarain àraidh do na Phairisich a dh'itheadh bidh air latha na sàbaid, gu'n robh iad a' deanamh geur fhaire air.

2 Agus feuch, bha duine àraidh<sup>m</sup> na làthair air an robh a' mheud-bhronn h.

3 Agus fhreagair Iosa, agus labhair e ris an luchd-lagha, agus ris na Phairisich, ag ràdh, Am bheil e cead-

uichte leigheas a dheanamh air latha na sàbaid?

4 Ach dh'fhan iadsan 'nan tosd. Agus air dha breith air, leighis se e, agus leig e uaith e:

5 Agus fhreagair e iadsan i, ag ràdh, Cò agaibhse, ma thuiteas asal no a dhiamh ann an slochd, nach tarruing a mach gu grad e air latha na sàbaid?

6 Agus cha b'urrainn iad a fhreagairt a ris anns na nithibh sin.

7 Agus labhair e cosamhlachd<sup>l</sup> riu-san a fhuair cuireadh, 'nuair a thug e fa'near mar a thagh iad na ceud àiteacha-suidhe, ag ràdh riu,

8 'Nuair a gheibh thu cuireadh o neach air bith chum bainnse, na suidh anns a' cheud àit: air eagal gu'n d'fhuair duine a's urramaiche na thusa cuireadh uaith;

9 Agus gu'n d'thig an ti a thug cuireadh dhuitse agus dhasan, agus gu'n abair e riut, Thoir àit do'n duine so; agus gu'n tòisich thusa an sin le nàire air suidhe anns an àit a's ìsle.

10 Ach an uair a gheibh thu cuireadh, imich agus suidh anns an àit a's ìsle; chum, 'nuair a thig esan a thug cuireadh dhuit, gu'n abair e riut, A charaid, suidh suas ni's àirde: an sin gheibh thu urram an làthair na muinntir a ta 'nan suidhe air bord maille riut.

11 Oir ge b'e neach a dh'àrdaicheas e féin, ìslichear e; agus ge b'e neach a dh'ìslicheas e féin, àrdaichear e.

12 An sin thubhairt e ris an ti mar an ceudna a thug cuireadh dha, 'N uair a ni thu dinneir no suipeir, na gairm do chàirde, no do bhràithre, no do luchd-dàimh, no do choimhearsnaich shaibhre; air eagal gu'n toir iadsan mar an ceudna cuireadh dhuitse a ris, agus gu'm faigh thu chomain cheudna.

13 Ach an uair a ni thu cuirm<sup>m</sup>, gairm na bochdan, na daoine ciurramach, na bacaich, na doill:

14 Agus bithidh tu beannuichte, chionn nach urrainn iad a' chomain

<sup>s</sup> Theirig, Rach. <sup>h</sup> dropsy. Sasg. <sup>i</sup> labhair e riu a ris.

<sup>l</sup> comhad, parabol. <sup>m</sup> feisd.



cheudna thoirt duit : oir gheibh thu eomain anr an aiseirigh nam fìrean.

15 Agus an uair a chual aon do na shuidh maille ris air bord na nithe sin, thubhairt e ris, Is beannuicht' an ti sin a dh'itheas aran ann an rioghachd Dhé.

16 Ach thubhairt esan ris, Rinn duine àraidh suipeir mhòr, agus thug e cuireadh do mhòran :

17 Agus chuir e sheirbhiseach uaith anàm na suipeire a ràdh ris a' mhuinntir a fhuair cuireadh, Thigibh, oir a ta na h-uile nithe a nis ullamh.

18 Agus thòisich iad uile a dh'aon ghuth air an leithsgeul a ghabhail. Thubhairt an ceud fhear ris, Cheann-ach mi fearann, agus is éigin domh dol a mach agus fhaicinn : guidheam ort, gabh mo leithsgeul.

19 Agus thubhairt fear eile, Cheann-ach mi cùig cuing' dhamh, agus a ta mi dol g'an dearbhadh : guidheam ort, gabh mo leithsgeul.

20 Agus thubhairt fear eile, Phòs mi bean, agus air an aobhar sin cha 'n'eil e 'n comas domh teachd.

21 Agus thainig an seirbhiseach sin, agus dh'innis e na nithe sin d'a thighearn. An sin air gabhail feirge do fhear an tighe, thubhairt e r'a sheirbhiseach, Gabh a mach gu grad gu sràidibh agus gu caol-shràidibh a' bhaile, agus thoir a stigh an so na bochdan, agus na daoine ciurramach, agus na bacaich, agus na doill.

22 Agus thubhairt an seirbhiseach, A Thighearn, rinneadh mar a dh'òrd- uich thu, gidheadh tha àite *falamh* ann fathast.

23 Agus thubhairt an Tighearna ris an t-seirbhiseach, Gabh a mach agus na rathaidibh mòra agus na gàr-achaibh, agus coimhéignich iad gu teachd a steach, chum's gu 'm bi mo thigh air a lìonadh.

24 Oir a deirim ribh, nach blais aon do na daoineibh ud a fhuair cuir- eadh, do m' shuipeirse.

25 Agus bha sluagh mòr ag im- eachd maille ris : agus air dha tionnd- adh, thubhairt e riu,

26 Ma thig neach air bith do m' ionnsuidhse, agus nach fuathaich e

athair, agus a mhàthair, agus a bhean phòsda, agus a chlann, agus a bhràith- rean, agus a pheathraichean, seadh, agus a bheatha mar an ceudna, cha 'n'eil e 'n comas da bhi 'na dheis- ciobul domhsa.

27 Agus ge b'e neach nach giùlain a chrann-ceusaidh, agus nach lean mise, cha 'n'eil e 'n comas da bhi 'na dheisciobul domhsa.

28 Oir cò am fear aguibhse leis am miann tùr a thogail, nach suidh sìos air tùs, agus nach meas an costus, a dh'fheuchainn am bheil aige na chuireas crìoch air ?

29 Air eagal an déigh dha a bhun- adh a leagadh, agus gun bhi comas- ach air crìoch a chur air, gu 'n tòisich na h-uile a chi e ri fanoid air,

30 Ag ràdh, Thòisich an duine so air *tigh* a thogail, agus cha b'urr- ainn e a chrìochnachadh.

31 No cò an rìgh ag dha dol a mach gu cogadh an aghaidh rìgh eile, nach suidh sìos air tùs, agus nach gabh comhairle, a dh'fheuchainn an urrainn e le deich mìle coinneamh a thoirt dasan a ta teachd le fichead mìle 'n a aghaidh ?

32 No air bhi dhasan fathast fad uaith, cuiridh e teachdaireachd a dh'iarraidh cumhachan sìth.

33 Mar sin mar an ceudna, gach neach agaibhse, nach tèig na h-uile nithe a ta aige, cha 'n'eil e 'n comas da bhi 'na dheisciobul domhsa.

34 Tha 'n salann maith : ach ma chailleas an salann a bhlas, ciod e leis an deanar deadh-bhlasda e ?

35 Cha 'n'eil e iomchuidh chum an talmhainn, no chum an dùnain<sup>n</sup> ; ach tilgidh daoine mach e. An ti aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisdeadh e.

#### C A I B. XV.

1 *Cosamhlachd na caorach caillte*, 8 a' mhir airgid, 11 a' mhic struidh-eil.

**A**N sin thainig na cis-mhaoir uile agus na peacaich am fagus da, chum éisdeachd ris.

2 Agus rinn na Phairisich agus na scriobhuichean gearan, ag ràdh,

Tha 'm fear so gabhail pheacach d'a ionnsuidh, agus ag itheadh maille riu.

3 Agus labhair esan an cosamhlachd so riu, ag ràdh,

4 Cò an duine dhibhse aig am bheil ceud caora, ma chailleas e aon diubh, nach fàg an naoi deug agus an ceithir fichead anns an fhàsach, agus nach d'théid an déigh na caorach a chailleadh, gus am faigh e i?

5 Agus air dha a faotainn, cuiridh e air a ghuaillibh i le gairdeachas.

6 Agus an uair a thig e dhachaidh, gairmidh e a chàirdean agus a choinhearsnaich an ceann a chéile, ag ràdh riu, Deanaibh gairdeachas maille riumsa, chionn gu'n d'fhuair mi mo chaora bha cailte.

7 Mar sin, a deirim ribh, gu'm bi aoibhneas air nèamh air son aon pheacaich a ni aithreachas, ni's mò na air son naoi deug agus ceithir fichead firean, aig nach 'eil feum air aithreachas.

8 No cò a' bhean aig am bheil deich buinn airgid, ma chailleas i aon bhonn diubh, nach las coinneal, agus nach sguab an tigh, agus nach iarr gu dìchiollach gus am faigh i e?

9 Agus air dh'i fhaotainn, gairmidh i a ban-chairdean agus a banchoinhearsnaich an ceann a chéile, ag ràdh, Deanaibh gairdeachas leamsa, oir fhuair mi 'm bonn a chaill mi.

10 Mar an ceudna a deirim ribh, A ta gairdeachas an làthair aingle Dhé, air son aon pheacaich a ni aithreachas.

11 Agus thubhairt e, Bha aig duine àraidh dithis mhac:

12 Agus thubhairt am mac a b'òige dhiubhr'a athair, Athair, thoirdhomhsa a' chuid-roinn a thig orm do d' mhaoin. Agus roinn e eatorra a bheathachadh.

13 Agus an déigh beagain do làithibh, chruinnich am mac a b'òige a chuid uile, agus ghabh e a thurus do dhùthaich fad air astar, agus an sin chaith e a mhaoin le beatha struidheasaich P.

14 Agus an uair a chaith e a chuid uile, dh'éirich gorta ro mhòr san tìr

sin; agus thòisich e ri bhi ann an uireasbhuidh.

15 Agus chaidh e agus cheangail se e féin ri aon do shaor-dhaoineibh na dùcha sin: agus chuir e d'a fhearann e, a bhiadhadh<sup>r</sup> mhuc.

16 Agus bu mhiann leis a bhrù a lìonadh do na plaosgaibh<sup>s</sup> a bha na mucan ag itheadh; oir cha d'thug neach air bith dha.

17 Agus an uair a thainig e chuige<sup>t</sup> féin, thubhairt e, Cia lìon do luchd tuarasdail m'atharsa aig am bheil aran gu leoir<sup>u</sup> agus r'a sheachnadh, 'nuair a ta mise a' bàsachadh le gorta?

18 Eiridh mi, agus théid mi dh'ionnsuidh m'athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi 'n aghaidh fhlaithEANais, agus a'd' làthairsa.

19 Agus cha 'n fhiu mi tuilleadh gu'n goirte do mhaesa dhìom: dean mi mar aon do d' luchd tuarasdail.

20 Agus dh'éirich e, agus chaidh e dh'ionnsuidh athar. Ach air dha bhi fathast fad uaith, chunnaic athair e, agus ghabh e truas mòr *dheth*<sup>a</sup>, agus ruith e, agus thuit e air a mhuineal, agus phòg se e.

21 Agus thubhairt am mac ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaithEANais, agus a'd' làthairsa, agus cha'n fhiu mi tuilleadh gu'n goirte do mhac dhìom.

22 Ach thubhairt an t-athair r'a sheirbbisich, Thugaibh a mach a' chulaidh a's fearr, agus cuiribh uime i, agus cuiribh fàinne air a làimh, agus brògan air a chosaibh.

23 Agus thugaibh an so an laogh biadhta, agus marbhaibh e; agus itheamaid agus biomaid subhach:

24 Oir bha mo mhac so marbh, agus tha e beo a ris; bha e cailte, agus fhuaradh e. Agus thòisich iad air bhi subhach.

25 A nis bha a mhac bu shine mach san fhearann: agus an uair a thainig e, agus a thàrb e 'm fagus do'n tigh, chual e 'n ceòl agus an dannsa.

26 Agus ghairm e chuige aon do na h-òglachaibh, agus dh'fheòraich e ciod bu chiall do na nithibh sin.

27 Agus thubhairt esan ris, Thain-

P anacaithtich. <sup>r</sup> bhuachailleachd. <sup>s</sup> cochallaibh. <sup>t</sup> thuige, d'a ionnsuidh.

<sup>u</sup> leòr. <sup>a</sup> ris. <sup>b</sup> tharruing.



ig do bhràthair; agus mharbh t'ath-air an laogh biadhtha, chionn gu'n d'fhuair e ris e slàn fallain.

28 Agus ghabh esan fearg, agus cha b'ail leis dol a stigh: air an aobhar sin thainig athair a mach, agus chuir e impidh air.

29 Ach fhreagair esan agus thubhairt e r'a athair, Feuch, a taims' a' deanamh seirbhis duit an uiread so do bhliadhnaibh, agus uair air bith cha do bhris mi t'àithne, gidheadh cha d'thug thu meann riamh dhomh, chum gu'm bithinn subhach maille ri m' chàirdibh.

30 Ach an uair a thainig do mhac so, a dh'ith suas do bheathachadh maille ri strìopaichibh, mharbh thu'n laogh biadhtha dha.

31 Agus thubhairt e ris, A mhic, tha thusa a ghnàth maille rium, agus na h-uile nithe a's leamsa, is leatsa iad.

32 Bu chòir dhuinn a bhi subhach, agus aoibhneach: oir bha do bhràthair so marbh, agus tha e beo a ris; agus bha e cailte, agus fhuaradh e.

### C A I B. XVI.

1 *Cosamhlachd an stiùbhard eucoraich.* 14 *Tha Criosd a' cronachadh ceilg nam Phairiseach sanntach.*

19 *Cosamhlachd a' gheòcaire shaibhir, agus an duine bhoichd Lasarus.*

**A** GUS thubhairt e mar an ceudna r'a dheisciobluibh, Bha duine saibhir àraidh ann aig an robh stiùbhard: agus chasaideadh ris e, mar neach a bha deanamh anacaithidh air a mhaoin.

2 Agus ghairm se e, agus thubhairt e ris, Ciod so a ta mi cluinntinn a d' thimchioll, thoir cunntas air do stiùbhardachd: oir cha'n fheud thu bhi ni 's faide a'd' stiùbhard.

3 An sin thubhairt an stiùbhard ann féin, Ciod a ni mi? oir a ta mo mhaighstir a' toirt na stiùbhardachd nam: cha'n urradh mi ruamhar a dheanamh, is nàr leam déirc iarraidh.

4 A ta fhios agam ciod a ni mi, chum 'nuair a chuirear as an stiùbh-

ardachd mi, gu'n gabh iad a steach d'an tighibh mi.

5 Agus air dha gach aon diubhsan air an robh fiachan aig a Thighearn a ghairm d'a ionnsuidh, thubhairt e ris, a' cheud fhear, Cia meud a ta aig mo Thighearn ortsa?

6 Agus thubhairt esan; Ceud tomhas<sup>c</sup> ola. Agus thubhairt e ris, Gabh do sgrìobhadh, agus suidh sìos gu h-ealamb, agus sgrìobh leth-cheud.

7 An sin thubhairt e ri fear eile, Agus cia meud a ta aig ortsa? Agus thubhairt esan, Ceud tomhas<sup>d</sup> cruinneachd. Agus thubhairt e ris, Gabh do sgrìobhadh, agus sgrìobh ceithir fichead.

8 Agus mhol an Tighearn an stiùbhard eucorach, do bhrìgh gu'n d'rinn e gu glic: oir a ta clann an t-saoghail so 'nan ginealach féin ni's glìce na clann an t-soluis.

9 Agus a deirimse ribh, Deanaibh dhuibh féin càirdean le Mamon na h-eucorach; chum 'nuair a shiubhlas sibh<sup>e</sup>, gu'n gabhar sibh do àitibh-còmhnuidh sìorruidh.

10 An ti a ta fìrinneach anns an ni a's lugha, tha e fìrinneach mar an ceudna ann am mòran: agus an ti a ta eucorach anns an ni a's lugha, tha e eucorach ann am mòran mar an ceudna.

11 Air an aobhar sin mur robh sibh fìrinneach anns an t-saibhreas eucorach, cò a dh'earbas ribh an saibhreas fìor?

12 Agus mur robh sibh fìrinneach ann an cuid duine eile, cò a bheir dhuibh an ni a's libh féin?

13 Cha 'n'eil seirbhiseach sam bith comasach air seirbhis a dheanamh do dhà thighearn; oir an dara cuid fuathaichidh e aon diubh, agus bheir e gràdh do'n fhear eile; no gabhaidh e le aon diubh agus ni e tair air an fhear eile. Cha 'n'eil sibh comasach air seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon.

14 Agus chuala na Phairisich, a bha sanntach, na nithe sin uile: agus rinn iad-fanoid air.

15 Agus thubhairt e riu, Is sibhse an dream a ta 'gar fìreanachadh féin

am fianuis dhaoine; ach is aithne do Dhia bhuir cridheacha: oir an ni sin a ta ro mheasail aig daoineibh, is gràin-eileachd e'm fianuis Dé.

16 Bha 'n lagh agus na fàidhean ann gu teachd Eòin: o sin tha rioghachd Dhé air a searmonachadh<sup>f</sup>, agus a ta gach duine a' dol le dian stri a teachd innte.

17 Agus is usadh do nèamh agus do 'n talamh dol thairis, na do aon lide do'n lagh tuiteam.

18 Gach neach a chuireas uaith a bhean, agus a phòsas bean eile, tha e deanamh adhaltrannais: agus ge b'e neach a phòsas a' bhean a chuireadh air falbh o a fear, tha e deanamh adhaltrannais.

19 Bha duine saibhir àraidh ann, a bha air a sgeadachadh le purpur<sup>g</sup> agus lìon-eudach grinn, agus bha e caitheadh a bheatha gach là gu sòghail le mòr ghreadhnachas.

20 Agus bha duine bochd àraidh ann, d'am b'ainm Lasarus, a chuireadh 'na luidhe aig a dhorus, làn do chreuchdaibh.

21 Agus bu mhiann leis bhi air a shàsachadh leis an sbruileach a bha tuiteam o bhord an duine shuibhir: seadh, agus thainig na madraidh agus dh'imlich iad a chreuchda.

22 Agus tharladh gu'n d'fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abraham: fhuair an duine saibhir bàs mar an ceudna, agus dh'adhlacaidh e.

23 Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean, air dha bhi ann am piant-aibh, agus chunnaic e Abraham fad uaith, agus Lasarus 'na uchd.

24 Agus ghlaodh e, agus thubhairt e, Athair Abraham, dean tròcair orm, agus cuir Lasarus, chum's gu'n tum e bàrr a mheoir ann an uisge, agus gu'm fuaraich e mo theanga; oir a ta mi air mo ro-phianadh san lasair so.

25 Ach thubhairt Abraham, A mhic, cuimhnich gu'n d'fhuair thusa do nithe maithe ri am dhuit bhi beo, agus Lasarus mar an ceudna droch nithe; ach a nis a ta esan a' faotainn sòlais, agus a ta thusa air do phianadh.

26 Agus a bhàrr air so uile, tha doimhne mhòr air a cur cadar sinne agus sibhse, air chor agus iadsan leis am b'àill dol as so d'ar ionnsuidhse, nach 'eil e 'n comas doibh, agus nach mòr tha e 'n comas do aon neach teachd as sin d'ar n-ionnsuidhne.

27 An sin thubhairt e, Uime sin guidheam ort, athair, gu'n cuireadh tu e gu tigh m'athar:

28 Oir a ta cùigear bhràithrean agam; chum's gu'n d'thoir e fianuis doibh, air eagal gu'n d'thig iadsan mar an ceudna do'n ionad ro phianach so.

29 A deir Abraham ris, Tha Maois agus na fàidhean aca, éisd-eadh iad riu-san.

30 Agus thubhairt esan, Ni h-eadh, Athair Abraham: ach ma théid neach d'an ionnsuidh o na marbhaibh, ni iad aithreachas.

31 Agus thubhairt e ris, Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhibh, cha mhò a chreideas iad, ge d'éireadh neach o na marbhaibh.

## C A I B. XVII.

1 Tha Crìosd a' teagasg gur còir dhuinn aobhar oilbheim a sheachnadh, 3 agus maitheanas a thoirt d'a chéile; 6 a' nochdadh mòr chumhachd beo chreidimh; 7 gu'm bheil sinne faicheangal do Dhia, agus nach 'eil esan mar sin dhuinne, &c.

A N sin thubhairt e r'a dheisciobailbh, Cha 'n fheudar nach d'thig oilbheuman: ach is anaobh-inn dasan tre 'n d'thig iad.

2 B'fhearr dha gu'm biodh clach-mhuilinn air a crochadh m'a mhuineal, agus gu'm biodh e air a thilgeadh san fhaighe, na gu'n d'thugadh e oilbheum<sup>h</sup> dh'aon neach do'n mhuinntir bhig so.

3 Thugaibh an aire dhuibh féin: ma pheacaicheas do bhràithair a't' aghaidh, cronaich e; agus ma ghabhas e aithreachas, thoir maitheanas da.

4 Agus ma pheacaicheas e a't' aghaidh seachd uairean san là, agus gu'm pill e riut seachd uairean san là, ag ràdh, Tha aithreachas orm; thoir maitheanas da.

<sup>f</sup> soisgeulachadh. <sup>g</sup> gorm-dhearg, corcur. <sup>h</sup> aobhar tuistidh.



5 Agus thubhairt na h-abstoil ris an Tighearn, Meudaich ar creidimh.

6 Agus thubhairt an Tighearn, Nam biodh agaibh creidimh mar ghràinne do shìol mustaird, theireadh sibh ris a' chraoibh Shicamin so, Bi air do spìonadh as do fhreumhaibh, agus bi air do shuidheachadh sa' chuan; agus bhitheadh i ùmhhal dhuibh.

7 Ach cia agaibhse aig am bheil seirbhiseach a' treabhadh, no ri buachailleachd, a deir ris, an déigh dha teachd a steach o'n fhearann, Thig air ball, agus suidh sìos chum bìdh?

8 Agus nach dòchadh e ràdh ris, Ulluich ni a ghabhas mise gu m' shuipeir, agus criosraich thu féin, agus fritheil domh, gus an ith agus an òl mi; agus 'na dhéigh sin ithidh agus òlaidh tusa?

9 An tabhair e buidheachas do'n t-seirbhiseach sin do bhrìgh gu'n d'rinn e na nithe a dh'orduicheadh dha? ni'n saoillean gu'n tabhair.

10 Mar sin sibhse, 'nuair a ni sibh na h-uile nithe a dh'àithneadh dhuibh, abraibh, Is seirbhisich neo-tharbhach sinn: oir rinn sinn a mhàin an ni bu dligheach dhuinn a dheanamh.

11 A nis, ag dol suas da gu Hierusalem, chaidh e tre mheadhon Sharmaria agus Ghalilei.

12 Agus an uair a bha e dol a stigh do bhaile àraidh, thachair deichnear dhaoine air a bha 'nan lobhair, a sheas fad uaith:

13 Agus thog iad suas an guth, ag ràdh, Iosa, a mhaighstir, dean tròcair cirnn.

14 Agus an uair a chunnaic e iad, thubhairt e riutha, Imichibh, nochdaibh sibh féin do sa sagartaibh. Agus ag imeachd dhoibh, ghlanadh iad.

15 Agus an uair a chunnaic aon diubh gu'n do leighisadh e, phill e air ais, a' toirt glòire do Dhia le guth àrd,

16 Agus thuit e air aghaidh aig a chosaibh-san, a' toirt buidheachais da: agus bu Shamaritanach e.

17 Agus fhreagair Iosa agus

thubhairt e, Nach do ghlanadh deichnear? ach an naoinear, c'àit am bheil iad?

18 Cha d'fhuaradh a phill a thoirt glòire do Dhia, ach an coigreach so.

19 Agus thubhairt e ris, Eirich, imich; shlànuich do chreidimh thu.

20 Agus an uair a dh'fheòraich na Phairisieh dheth, c'uin a thigeadh rioghachd Dhé, fhreagair e iad agus thubhairt e, Cha d'thig rioghachd Dhé air chor gu mothaichear dh'i.

21 Cha mhò a their iad, Feuch an so, no, Feuch an sin: oir feuch, a ta rioghachd Dhé an taobh a stigh dhiubh!

22 Agus thubhairt e ris na deisciobluibh, Thig na làithean anns am miannach libh aon do làithibh Mhic an duine fhaicinn, agus cha'n fhaic sibh e.

23 Agus their iad ribh! Feuch an so, no, Feuch an sud: na rachaibh, agus na leanaibh iad.

24 Oir mar a ta 'n dealanach a dhealraicheas o aon ionad fa nèamh, a' soillseachadh gus an ionad eile fa nèamh, mar sin a bhitheas Mac an duine mar an ceudna 'na là féin.

25 Ach is éigin da air tùs mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis a' ghinealach so.

26 Agus mar a bha e ann an làithibh Noe, mar sin mar an ceudna bithidh e ann an làithibh Mhic an duine.

27 Bha iad ag itheadh agus ag òl, a' pòsadh agus air an tabhairt ann pòsadh, gus an là an deachaidh Noe a steach do'n àire: agus thainig an dile<sup>m</sup>, agus sgrios i iad uile.

28 Amhuil fòs mar a thachair ann an làithibh Lot: bha iad ag itheadh agus ag òl, a' ceannach agus a' reiceadh, a' planndachadh agus a' togail aitreabh:

29 Ach air an là sin féin anns an deachaidh Lot a mach a Sodom, fhrasadh teine agus pronnasc o nèamh, agus sgrios e iad uile:

30 Is ann mar sin a bhitheas anns an là am foillsichear Mac an duine.

31 Anns an là sin, an ti bhios air mullach an tighe, agus airneis anns

an tigh, na d'thigeadh e nuas gus a toirt leis : agus an ti a ta sa' mhach-air, na pilleadh esan air ais mar an ceudna.

32 Cuimhnichibh bean Lot.

33 Ge b'e neach a dh'iarras a bheatha féin a thearnadh, caillidh e i; agus ge b'e neach a chailleas a bheatha, gleidhidh esan i.

34 A deirim ribh, anns an oidhche sin bithidh dithis dhaoine san aon leabaidh; gabhar aon diubh, agus fàgar am fear eile.

35 Bithidh dithis bhan a' bleath<sup>n</sup> cuideachd; gabhar aon diubh agus fàgar a'bhean eile.

36 Bithidh dithis dhaoine anns a' mhachair; gabhar aon diubh agus fàgar am fear eile.

37 Agus fhreagair iadsan agus thubhairt iad ris, C'àit, a Thighearn? agus thubhairt esan riu, Ge b'e ball am bi 'n corp, an sin cruinnichear na h-ìolairean.

## C A I B. XVIII.

3 *Mu thimchioll na bantraich liosda.*

9 *Mu'n Phairiseach agus mu'n chis-mhaor.* 15 *Tha clann air an tabhairt gu Crìosd.* 18 *B'àill le uachdaran àraidh Crìosd a lean-tuinn, ach a ta e air a bhacadh leis a shaibhreas.*

**A** GUS labhair e cosamhlachd riu, a' nochdadh gur còir ùrnuigh a dheanamh a ghnàth, agus gun fhannachadh<sup>o</sup>,

2 Ag ràdh, Bha breitheamh ann am baile àraidh, air nach robh eagal Dé, agus aig nach robh urram do dhuine.

3 Agus bha bantrach àraidh sa' bhaile sin, agus thainig i d'a ionnsuidh, ag ràdh, Cum còir rium an aghaidh mo nàmhaid.

4 Agus cha b'àill leis rè tamuill : ach 'na dhéigh sin thubhairt e ann féin, Ge nach 'eil eagal Dé orm, no urram agam do dhuine;

5 Gidheadh air son gu bheil a' bhantrach so cur dragha orm, cumaidh mi còir rithe, air eagal leis a sìr-theachd gu'n sgèithich i mi.

6 Agus thubhairt an Tighearn,

Eisidibh ciod a deir am breitheamh eucorach.

7 Agus nach dean Dia dioghaltas air son a dhaoine taghta féin, a ta 'g éigheach ris a là agus a dh' oidhche, ge ta e fad-fhulangach mu'n timchioll?

8 A deirim ribh gu'n dean e dioghaltas air an son gu luath. Gidheadh, an uair a thig Mac an duine, am faigh e creidimh air an talamh?

9 Agus labhair e 'n cosamhlachd so ri dream àraidh bha 'g earbsadh asda féin gu 'n robh iad 'nam fireanaibh, agus a bha deanamh tàir air dream eile:

10 Chaidh dithis dhaoine suas do'n teampull a dheanamh ùrnuigh; fear diubh 'na Phairiseach, agus am fear eile 'na chis-mhaor.

11 Sheas am Phairiseach leis féin, agus rinn e ùrnuigh mar so, A Dhé, tha mi toirt buidheachais duit nach 'eil mi mar a ta daoine eile, 'nan luchd foireigin, eucorach, adhaltrannach, no eadhon mar an cis-mhaor so.

12 Tha mi a' trosgadh<sup>p</sup> dà uair san t-seachdain, tha mi toirt deachaimh as na h-uile nithibh a ta mi sealbhadh.

13 Agus air seasamh do'n chis-mhaor fad air ais, cha b'àill leis fiu a shùl a thogail suas gu nèamh, ach bhuail e uchd, ag ràdh, A Dhé, dean tròcair ormsa ta 'm pheacach.

14 A deirim ribh gu'n deachaidh am fear so sìos d'a thigh air fhìreanachadh *nè's mò* na'm fear ud eile: oir ge b'e neach a dh'àrdaicheas e féin, islichear e; agus ge b'e a dh'islicheas e féin, àrdaichear e.

15 Agus thug iad d'a ionnsuidh mar an ceudna naoidheana, chum's gu'm beanadh e riu: agus an uair a chunnaic na deisciobuil so, chronaich siad iad.

16 Ach air do Iosa an gairm d'a ionnsuidh, thubhairt e, Fuilgibh do na leanabaibh teachd a'm ionnsuidh-se, agus na bacaibh iad; oir is ann d'an leithidibh so ta rioghachd Dhé.

<sup>n</sup> meileadh.

<sup>o</sup> sgèitheachadh.

<sup>p</sup> trasgadh.



17 Gu deimhin a deirim ribh, ge b'e nach gabh rioghachd Dhé mar leanabh beag, nach d'théid e air chor sam bith a steach innte.

18 Agus dh'fheòraich uachdaran àraidh dheth, ag ràdh, A mhaighstir mhaith, ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?

19 Agus thubhairt Iosa ris, C'ar son a ghoireas tu maith dhiomsa? cha 'n'eil neach sam bith maith ach a h-aon, eadhon Dia.

20 Is aithne dhuit na h-àitheanta, Na dean adhaltrannas, Na dean mort-adh, Na goid, Na toir fianuis bhréige, Thoir onoir<sup>o</sup> do t'athair agus do d' mhàthair.

21 Agus thubhairt esan, Choimhid mi iad sin uile o m' òige.

22 Agus air cluinntinn so do Iosa, thubhairt e ris, Tha aon ni fathast a dh'uireasbhuidh ort: reic na h-uile nithe ta agad, agus roinn air na bochdaibh, agus bithidh agad ion-mhas air nèamh; agus thig, agus lean mise.

23 Agus an uair a chual e so, bha e ro dhoilich: oir bha mòr bheartas aige.

24 Agus an uair a chunnaic Iosa gu 'n robh e lan tuirse, thubhairt e, Cia deacair dhoibhsan<sup>p</sup> aig am bheil saibhreas, dol a steach do rioghachd Dhe!

25 Oir is usadh do chàmhhal dol tre chrò snàthaide, na do dhuine saibhir dol a steach do rioghachd Dhé.

26 Agus thubhairt iadsan a chuala so, Cò ma seadh a dh'fheudas bhì air a shaoradh?

27 Ach thubhairt esan, Na nithe a ta eucomasach do dhaoineibh, tha iad comasach do Dhia.

28 An sin thubhairt Peadar, Feuch, thréig sinne na h-uile nithe, agus lean sinn thusa.

29 Agus thubhairt esan riu, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil aon neach a thréig tigh, no pàrantan, no bràithrean, no bean-phòsda, no clann air son rioghachd Dhé,

30 Nach faigh mòran ni 's mò

anns an aimsir so ta làthair, agus anns an t-saoghal a ta ri teachd a' bheatha mhaireannach.

31 Agus ghabh e 'n dà fhear dheug d'a ionnsuidh, agus thubhairt e riu, Feuch, a ta sinn a' dol suas gu Hierusalem, agus bithidh na h-uile nithe a ta scribedhta leis na fàidhibh mu Mhac an duine, air an coimhlionadh.

32 Oir bheirear thairis e do na Cinnich, agus théid fanoid a dheanamh air, agus masluichear e, agus tilgear smugaid air;

33 Agus sgiùrsaidh agus marbhaidh iad e: agus air an treas là éiridh e ris.

34 Agus cha do thuig iadsan aon ni dhiubh so: agus bha na briathra so folaichte orra, agus cha b'aithne dhoibh na nithe a dubhradh.

35 Agus tharladh, 'nuair a dhruid e ri Iericho, gu'n robh dall àraidh 'na shuidhe ri taobh na slighe, ag iarraidh déirce.

36 Agus air cluinntinn an t-sluaigh a' dol seachad, dh'fheòraich e ciod e so.

37 Agus dh'innis iad da, gu'm b'e Iosa o Nasaret a bha gabhail seachad.

38 Agus ghlaodh e, ag ràdh, Iosa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

39 Agus chronaich iadsan a bha air thoiseach e, chum's gu'm biodh e 'na thosd: ach bu mhòid gu mòr a ghlaodh esan, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

40 Agus air seasamh do Iosa, dh'àithn e a thoirt d'a ionnsuidh: agus an uair a thainig e 'm fagus da, dh'fheòraich e dheth,

41 Ag ràdh, Ciod is àill leat mise a dheanamh dhuit? agus thubhairt esan, A Thighearn, mi dh'fhaotainn mo radhairc.

42 Agus thubhairt Iosa ris, Gabh do radharc: shlànuich do chreidimh thu.

43 Agus air ball fhuair e a radharc, agus lean se e, a' toirt glòire do Dhia: agus thug an sluagh uile cliu do Dhia, 'nuair a chunnaic iad so.

## C A I B. XIX.

1 *Mu thimchioll Shacheuis a' chis-mhaoir.* 11 *Na deich puind airgid.* 28 *Tha Crìosd a' marcachd do Hierusalem le greadhnachas,* 41 *a' caoidh air a son,* 45 *a' tilgeadh mach an luchd ceannachd agus reicidh as an teampull; &c.*

**A** GUS air do Iosa dol a steach, chaidh e tre Iericho.

2 Agus feuch, bha duine ann d'am b'ainm Sacheus, agus b'ard chis-mhaor esan, agus bha e saibhir:

3 Agus bha déidh aige air Iosa fhaicinn, cò e, agus cha b'urrainn e air son an t-sluaigh, chionn gu'n robh e ìosal 'na phearsa.

4 Agus rùith e roimhe, agus streap e suas ann an craoibh Shicamoir, chum gu faicheadh se e; oir bha e agus an t-slighe sin a ghabhail.

5 Agus an uair a thainig Iosa chum an àite sin, air dha amharc suas, chunnaic se e, agus thubhairt e ris, A Shacheuis, thig a nuas gu grad; oir is éigin domhsa stad an diugh aig do thigh.

6 Agus thainig e nuas le cabhaig, agus ghabh e ris gu subhach.

7 Agus an uair a chunnaic iad so, rinn iad uile gearan, ag ràdh, Gu'n deachaidh e steach air aoidheachd gu duine a ta 'na pheacach.

8 Agus sheas Sacheus agus thubhairt e ris an Tighearn, Feuch, a Thighearn, a ta mi toirt leth mo mhaoin do na bochdaibh: agus ma thug mi aon ni o neach air bith le casaid bhréige<sup>t</sup>, bheiream dha a cheithir uiread.

9 Agus thubhairt Iosa ris<sup>u</sup>, Thainig slàint' an diugh a dh'ionnsuidh an tighe so, do bhrìgh gur mac do Abraham esan mar an ceudna.

10 Oir thainig Mac an duine dh'iarraidh agus a thearnadh an ni sin a bha cailte.

11 Agus ag cluinntinn nan nithe sin dhoibh, chuir e ris, agus labhair e cosamhlachd, do bhrìgh gu'n robh e 'm fagus do Hierusalem, agus gu'n do shaoil iadsan gu'm biodh

rioghachd Dhé air a grad fhoillseachadh.

12 Air an aobhar sin thubhairt e, Chaidh duin' uasal àraidh do dhùth-aich fad as a dh'fhaotainn rioghachd dha féin, agus a philltinn air ais.

13 Agus ghairm e a dheich seirbhisich<sup>a</sup>, agus thug e dhoibh deich puind, agus thubhairt e riu, Cuiribh gu buil iad, gus an d'thig mise.

14 Ach bha fuath aig muinntir a dhùcha dha, agus chuir iad teachd-aireachd 'na dhéigh, ag ràdh, Cha'n àill leinn an duine so bhi 'na rìgh oirn.

15 A nis an uair a phill e air ais, an déigh dha an rioghachd fhaotainn, an sin dh'orduich e na seirbhisich ud bhi air an gairm d'a ionnsuidh, d'an d'thug e 'n t-airgiod, chum's gu'm biodh fhios aige ciod a bhuannaich gach aon diubh leis a bhuileachadh.

16 An sin thainig an ceud fhear, ag ràdh, A Thighearn, bhuidhinn do phund deich puind.

17 Agus thubhairt e ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich: do bhrìgh gu'n robh thusa fìrinneach ann an ro-bheagan, biodh agadsa uachdaranachd air deich bailtibh.

18 Agus thainig an dara fear, ag ràdh, A Thighearn, rinn do phund cùig puind.

19 Agus thubhairt e ris, Bi-sa mar an ceudna os cionn chùig bailte.

20 Agus thainig fear eile, ag ràdh, a Thighearn, feuch, do phund, a bha agamsa taisgte ann an neapaicin<sup>b</sup>:

21 Oir bha eagal orm romhad, do bhrìgh gur duine geur-theann thu: tha thu a' togail an ni nach do leag thu, agus a' buain an ni nach do chuir thu.

22 Agus thubhairt e ris, As do bheul féin bheiream breth ort, a dhroch sheirbhisich. Bha fhios agad gu'm bu duine geur-theann mi, a' togail an ni nach do leag mi, agus a' buain an ni nach do chuir mi:

23 Air an aobhar sin c'ar son nach do chuir thu m' airgiod do'n bhanc<sup>c</sup>,

<sup>t</sup> gu h-eucorach. <sup>u</sup> m'a thimchioll. <sup>a</sup> deichnear d'a sheirbhisich.

<sup>b</sup> bréid, lamh-anart. <sup>c</sup> nach d'thug thu m'airgiod do'n

luchd-malairt.



agus air teachd dhomhsa thogainn e le riadh?

24 Agus thubhairt e riusan a bha 'nan seasamh a làthair, Thugaibh uaith am pund, agus thoiribh dhasan e aig am bheil na deich puind.

25 (Agus thubhairt iad ris, A Thighearn, tha deich puind aige)

26 Oir a deirim ribh, Gu'n d'thoir-e ar do gach neach aig am bheil: ach uaithsan aig nach 'eil, bheirear eadhon an ni sin a ta aige.

27 Ach thugaibh an so na naimh-dean ud agamsa, leis nach b'àill mise bhi 'm rìgh os an ceann, agus marbh-aibh a'm' fhianuis iad.

28 Agus air dha so a ràdh, dh'im-ich e rompa, a' dol suas gu Hierusa-lem.

29 A nis an uair a dhruid e ri Betphage agus Betani, làimh ris an t-sliabh d'an goireard *sliabh* nan crann-ola, chuir e dithis d'a dheis-cioblubh uaith,

30 Ag ràdh, Imichibh do'n bhaile ta fa'r comhair; anns am faigh sibh, air dol dhuibh a steach, searrach ceangailte, air nach do shuidh aon duine riamh: fuasglaidh, agus thug-aibh an so e.

31 Agus ma dh'fheòraicheas neach air bith dhibh, C'ar son a ta sibh 'g a fhuasgladh? mar so a their sibh ris, A ta feum aig an Tighearn air.

32 Agus air imeachd dhoibhsan a chuireadh air falbh, fhuair iad mar thubhairt e riu.

33 Agus an uair a bha iad a' fuasgladh an t-searraich, thubhairt a shealbhadairean riu, C'ar son a ta sibh a' fuasgladh an t-searraich?

34 Agus thubhairt iadsan, Tha feum aig an Tighearn air.

35 Agus thug iad gu h-Iosa e: agus thilg iad am falluingean air an t-searrach, agus chuir iad Iosa air.

36 Agus ag imeachd dhasan, sgaoil iad am falluingean fuidhe air an t-slighe.

37 Agus an uair a thainig e 'm fagus, eadhon gu dol sìos sléibh nan crann-ola, thòisich mòr chuideachd nan deisciobul uile ri gairdeachas a dheanamh, agus moladh a thoirt do

Dhia le guth àrd, air son nan uile oibre cumhachdach a chunnaic iad,

38 Ag ràdh, Gu ma beànnuicht' an rìgh a ta teachd an ainm an Tigh-earna: sìth air nèamh, agus glòir anns na h-àrdaibh.

39 Agus thubhairt cuid do na Phairisich o mheasg an t-sluaigh ris, A mhaighstir, cronaich do dheisciob-uil.

40 Agus fhreagair esan, agus thubhairt e riu, A deirim ribh, nam fanadh iad sin 'nan tosd, gu'n glaothadh na clacha féin.

41 Agus an uair a thainig e 'm fagus, chunnaic e 'm baile, agus ghuil e air a shon,

42 Ag ràdh, O gu'm b'aithne dhuit<sup>e</sup>, eadhon dhuitse, air bheag sam bith ann ad latha so féin, na nithe a bhuineas do d' shìth! ach a nis a ta iad folaichte o d' shùilibh.

43 Oir thig na làithean ort, anns an tilg do naimhde dig mu d' thimchioll, agus an iadh iad umad m'an cuairt, agus an druid iad a stigh air gach taobh thu,

44 Agus an leag iad co ìosal ris an làr thu, agus do chlann annad, agus nach fàg iad annad clach air muin cloiche; do bhrìgh nach b'aithne dhuit aimsir t'fhiosrachaidh.

45 Agus chaidh e steach do'n teampull, agus thòisich e air an dream a bha reiceadh, agus a' ceannach ann a thilgeadh mach,

46 Ag ràdh riu, Tha e sgrìobhta, Is tigh ùrnuigh mo thighsa; ach rinn sibhse 'na gharaidh luchd-reub-ainn e.

47 Agus bha e gach là a' teagasg san teampull. Ach dh'iarr na h-àrd shagairt agus na sgrìobhnichean, agus ceannardan a' phobuill esan a mhilleadh,

48 Gidheadh cha robh fhios aca ciod a dheanadh iad: oir bha 'm pobull uile ag éisdeachd ris le ro-aire.

### C A I B. XX.

1 Tha Crìosd a' dearbhadh gu'n robh ùghdarras aige, le ceist mu bhaisteadh Eoin. 9 Cosamhlachd an fhion-lìos. 19 Mu thimchioll cìs a thoirt

do Chedsar. 27 Tha e dearbhadh mearachd nan Sadusach, a bha 'g àicheadh aiseirigh nam marbh, &c.

**A** GUS tharladh air aon do na làithibh sin, an uair a bha e teagasg a' phobuill san teampull, agus a' searmonachadh an t-soisgeil, gu'n d'thainig na h-àrd shagairt agus na scriobhuichean air, maille ris na seanairibh.

2 Agus labhair iad ris, ag ràdh, Innis duinn ciod e an t-ùghdarras leis am bheil thu a' deanamh nan nithe so? no cò esan a thug an t-ùghdarras so dhuit?

3 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Feòraichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse; agus freagraibh mi:

4 Baisteadh Eoin, an ann o nèamh a bha e, no o dhaoinibh?

5 Agus reusaich iad eatorra féin, ag ràdh, Ma their sinn, O nèamh, their esan, C'ar son ma ta nach do chreid sibh e?

6 Ach ma their sinn, O dhaoinibh, clachuidh an sluagh uile sinn; oir is deimhin leo gu'm b'fhàidh Eoin.

7 Agus fhreagair iadsan, Nach robh fhios aca cia uaith a bha e.

8 Agus thubhairt Iosa riu, Ni mò a dh'innseas mise dhuibhse ciod e an t-ùghdarras tre 'n deanam na nithe so.

9 An sin thòisich e air a' chosamhlachd so a labhairt ris an t-sluagh: Phlannduich duine àraidh fion-lios, agus shuidnich e air tuath e; agus chaidh e air choigrich rè aimsir fhada.

10 Agus anns an àm dhligheach chuir e seirbhiseach dh'ionnsuidh na tuatha, chum gu'n d'thugadh iad da do thoradh an fhion-lios: ach ghabh an tuath air, agus chuir iad uatha falamh e.

11 Agus a rìs chuir e seirbhiseach eile uaith; agus ghabh iad aisans mar an ceudna, agus mhaslaich iad e, agus chuir iad uatha falamh e.

12 Agus a thuilleadh air sin chuir e 'n treas seirbhiseach uaith; agus lot iad esan mar an ceudna, agus thilg iad a mach e.

13 An sin thubhairt Tighearn an fhion-lios, Ciod a ni mi? cuiridh mi

mho Mhac gràdhach d'an ionnsuidh: feudaich e bi, air fhaicinn doibh, gu'n d'thoir iad urram dha.

14 Ach an uair a chunnaic an tuath e, reusaich iad eatorra féin, ag ràdh, Is e so an t-oighre: thigibh, marbhamaid e, chum's gu'm bi 'n oighreachd againn féin.

15 Agus thilg iad a mach as an fhion-lios e, agus mharbh iad e. Ciod uime sin a ni Tighearn an fhion-lios riu?

16 Thig e agus sgriosaidh e an tuath ud, agus bheir e 'm fion-lios do dhaoinibh eile. Agus an uair a chual iad so, thubhairt iad, Nar leigeadh Dia.

17 Agus air dhasan amharc orra, thubhairt e, Ciod e so ma seadh a ta scriobhta, A' chlach a dhiult na clachairean, rinneadh ceann na h-oisinn dith?

18 Ge b'e neach a thuiteas air a' chloich sin, brisear e: ach ge b'e neach air an tuit i, pronnaidh i gu luathreadh e.

19 Agus anns an uair sin féin dh'iarr na h-àrd shagairt agus na scriobhuichean làmh a chur ann; ach bha eagal an t-sluaigh orra; oir thuig iad gu'm b'ann 'nan aghaidh féin a labhair e'n cosamhlachd so.

20 Agus rinn iad geur fhaire air, agus chuir iad a mach luchd feill, a leigeadh orra féin a bhi 'nam fireanaibh, chum's gu'n deanadh iad greim air fhoclaibh, air chor's gu'n d'thugadh iad thairis e do chumhachd agus do ùghdarras an uachdarain.

21 Agus dh'fheòraich iad deth, ag ràdh, A mhaighstir, tha fhios againn gu bheil thu a' labhairt agus a' teagasg gu ceart, agus nach 'eil suim agad do phearsa duine sam bith, ach gu bheil thu teagasg slighe Dhé a réir na fìrinn.

22 Am bheil e ceaduichte dhuinn cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil?

23 Ach thuig esan an cuilbheartachd, agus thubhairt e riu C'ar son a ta sibh ga m' bhuairleadh?

24 Nochdaibh dhomh peghinn: cia leis an dealbh agus an scriobhadh a ta oirre? Fhreagair iadsan agus thubhairt iad, Le Ceasar.



25 Agus thubhairt esan riu, Thug-aibhse air an aobhar sin do Cheasar na nithe 's le Ceasar, agus do Dhia na nithe 's le Dia.

26 Agus cha b'urrainn iad greim a dheanamh air fhoclaidh am fianuis an t-sluaigh: agus ghabh iad iongantas r'a fhreagradh, agus dh'fhan iad 'nan tosd.

27 An sin thainig d'a ionnsuidh dream àraidh do na Sadusaich (a ta 'g àicheadh gu bheil aiseirigh ann) agus dh'fheòraich iad deth,

28 Ag ràdh, A mhaighstir, scriobh Maois dhuinn, Nam faigheadh bràthair duin' air bith bàs, agus bean-phòsda aige, agus gu'm faigheadh e bàs gun chlann, gu'n gabhadh a bhràthair a bhean, agus gu'n togadh e suas sliochd d'a bhràthair.

29 Air an aobhar sin, bha seachdnar bhràithrean ann: agus ghabh an ceud fhear bean, agus fhuair e bàs gun chlann.

30 Agus ghabh an dara fear i mar mhnai, agus fhuair esan bàs gun chlann.

31 Agus ghabh an treas fear i; agus mar an ceudna an t-seachdnar. Agus cha d'fhàg iad clann, agus fhuair iad bàs.

32 Fa dheireadh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

33 Anns an aiseirigh uime sin, co dhiubh d'am bean i? oir bha i aig an t-seachdnar 'na mnai.

34 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Tha clann an t-saoghail so a' pòsadh, agus air an tabhairt am pòsadh:

35 Ach an droing sin a mheasar gur a'ridh iad air an t-saoghal ud fhaghail, agus an aiseirigh o na marbhaibh, cha 'n'eil iad a' pòsadh, no air an tabhairt am pòsadh.

36 Agus cha'n urrainn iad bàs fhaghail ni's mò; oir tha iad an coimh-inbhe ris na h-ainglibh, agus is iad clann Dé iad, air bhi dhoibh 'nan cloinn do'n aiseirigh.

37 Ach gu'n éirich na mairbh, nochd Maois fein aig a' phreas, an uair a ta e gairm do'n Tighearn, Dia Abrahaim, agus Dia Isaac, agus Dia Iacoib.

38 A nis cha'n e Dia nam marbh e, ach nam beo: oir a ta iad uile beo dhasan.

39 An sin fhreagair dream àraidh do na scriobhuichibh, agus thubhairt iad, A mhaighstir, is maith a labhair thu.

40 Agus cha robh chridh' aca tuilleadh ni sam bith fheòraich dheth.

41 Agus thubhairt e riu, Cionnus a deir iad gur e Criosd mac Dhaibhidh?

42 Agus a deir Daibhidh féin ann an leabhar nan Salm, Thubhairt an Tighearn re m' Tighearn, Suidh air mo làimh dheis,

43 Gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fuidh d' chosaibh.

44 Tha Daibhidh air an aobhar sin a' gairm a Thighearna dheth, cionnus ma seadh is e a mhac e?

45 An sin thubhairt e r'a dheisciobluibh, ann an éisdeachd an t-sluaigh uile,

46 Thugaibh an aire dhuibh féin o na scriobhuichibh, leis am miann imeachd ann an culaidhibh fada, agus leis an ionmhuinn fàilte fhaotainn air na margaibh, agus na caithrichean a's àirde anns na sionagogaibh, agus na ceud àiteacha-suidhe aig féisdibh;

47 A shluigear suas tighean bhant-rach, agus air sgàth deadh choslais a ni ùrnuighean fada: gheibh iad sin an dèidh a's mò.

## C A I B. XXI.

1. Tha Criosd a' moladh na bantraich bhochd: 4 a' roimh-innseadh sgrios an teampuill, agus bhaile Ierusalem; 25 mar an ceudna nan comhara bhios ann roimh an là dheireannach, &c.

**A** GUS air dha amharc suas, chunnaic e na daoine saibhre a' tilgeadh an tiodhlacan ann an àite coimhead an ionmhaish.

2 Agus chunnaic e mar an ceudna banrach bhochd àraidh a' tilgeadh dà leth-fheoirling an sin.

3 Agus thubhairt e, Gu fìrinneach a deirim ribh gu'n do chuir a' bhant-rach bhochd so ni's mò ann na iad uile.

4 Oir thilg iad so uile d'am pailteas a steach do thiodhlacaibh Dhé : ach thilg ise d'a h-uireasbhuidh féin am beathachadh uile a bha aice.

5 Agus air do chuid diubh bhi labhairt mu'n teampull, mar a bha e air a dheanamh maiseach le clachaibh sgiamhach, agus le tiodhlacaibh, thubhairt e,

6 *A thaobh* nan nithe so a chi sibh, thig na làithean, anns nach fàgar clach air muin cloiche *dhiubh*, nach tilgear sìos.

7 Agus dh'fhèdraich iadsan deth, ag ràdh, A mhaighstir, c'uin ma ta bhitheas na nithe so ? agus ciod e an comhara 'nuair a bhios na nithe so gu teachd gu crìch ?

8 Agus thubhairt esan, Feuchaibh nach meallar sibh ; oir thig mòran ann am ainmse, ag ràdh, Is mise *Criosd* ; agus a ta 'n t-àm am fagus : uime sin na leanaibh iad.

9 Ach an uair a chluinneas sibh muchogannaibh, agus mu cheannaircibh f, na biodh mòr gheilt oirbh : oir is éigin do na nithibh so tachairt air tùs, ach cha 'n'eil a' chrìoch air bàll.

10 An sin thubhairt e riu, Eiridh cinneach an aghaidh cinnich, agus rioghachd an aghaidh rioghachd :

11 Agus bithidh criothanna mòra talmhainn ann an iomadh àit, agus gortaidh, agus plàighean, agus nithe uamhasach, agus comharan mòra o nèamh.

12 Ach rompa so uile cuiridh iad làmh annaibhse, agus geur-leanaidh iad sibh, 'gar tabhairt thairis do choimh-thionalaibh g, agus do phrios-unaibh, 'gar tabhairt chum rìghrean agus uachdarana air sgàth m'ainmese.

13 Agus tachraidh so dhuibhse mar fhianuis.

14 Air an aobhar sin daingnichibh ann bhur cridhibh, gun sinuaineachadh roimh làimh, ciod a fhreagras sibh air bhur son féin :

15 Oir bheir mise dhuibh beul agus gliocas, nach bi bhur naìmhdean uile comasach air labhairt no cur 'na aghaidh.

16 Agus brathar sibh le'r pàrant-aibh agus le'r bràithribh, agus le'r luchd dàimhe, agus le'r cairdibh ; agus bheir iad fainear *cuid* dhibh a chur gu bàs.

17 Agus bithidh fuath aig na h-uile dhaoineibh dhuibh air son m'ainmese.

18 Ach cha chaillear fuiltein h do ghruaig bhur cinn

19 Ann bhur foighidin sealbhaichibh bhur n-anama féin.

20 Agus an uair a chi sibh Ierusalem air a cuairteachadh le armailtibh, an sin biodh fhios agaibh gu bheil a fàsachadh am fagus.

21 (An sin teicheadh iadsan a ta ann Iudea chum nam beann) agus imicheadh iadsan a ta 'na meadhonsa mach aise ; agus na ràchadh iadsan a ta sa' mhachair, a steach innte.

22 Oir is iad sin làithean an dioghaltais, chum gu'n coimhlionar na h-uile nithe a ta scrìobhta.

23 Ach mo thruaigh na mnàì a bhios torrach, agus iadsan a bhios a' toirt cìche anns na làithibh sin : oir bithidh teanntachd i mhòr san dùth-aich, agus fearg air a' phobull so.

24 Agus tuitidh iad le faobhar a' chlàidheimh, agus bheirear iad am braighdeanas chum nan uile chinn-each : agus bithidh Ierusalem air a saltairt sìos fuidh na Cinnich, gus an coimhlionar aimsire nan Cinneach.

25 Agus bithidh comharan anns a' ghréin, agus anns a' ghealaich, agus anns na reultaibh ; agus air an talamh airc nan cinneach, ann an iomachomhairle, an cuan agus na tonnan a' beuchdaich ;

26 Cridhe dhaoine 'gan tréigsinn trid eagal, agus feitheamh nan nithe sin a ta teachd air an domhan ; oir bithidh cumbachda nan nèamh air an crathadh.

27 Agus an sin chi iad Mac an duine a' teachd ann an neul, le cumhachd agus mòr ghloir.

28 Agus an uair a thòisicheas na nithe so air tachairt, an sin amhaircibh suas, agus togaibh bhur cinn ; oir a ta bhur saorsa am fagus.

29 Agus labhair e cosamhlachd



riu, Amhaircibh air a' chraoibh-fhige, agus na craobhan uile;

30 'Nuair a bhios iad a cheana a' cur a mach an duillich, air fhaicinn duibh, aithnichidh sibh uaibh féin, gu bheil an samhlradh a nis am fagus.

31 Agus mar an ceudna sibhse, 'nuair a chi sibh na nithe so a' tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil rioghachd Dhé fagus do làimh.

32 Gu deimhin a deirim ribh, nach d'théid an linn<sup>l</sup> so thairis, gus an coimhlionar na nithe so uile.

33 Théid nèamh agus talamh thairis: ach cha d'théid mo bhriathrasa thairis a choidhch.

34 Agus thugaibh an aire dhuibh féin, air eagal uair air bith gu'm bi bhur cridhe fuaidh uallaich le geòcair-eachd<sup>m</sup>, agus le misg<sup>n</sup>, agus le ro-chùram mu nithibh na beatha so, agus gu'n d'thig an là sin oirbh gu h-obann.

35 Oir mar ribe thig e air na h-uile dhaoineibh, a ta 'g àiteachadh aghaidh na tahnainn uile.

36 Deanaibhse air an aobhar sin faire, a' deanamh ùrnuigh gach àm, chum's gu measar gur airidh sibh air dol as o na nithibh sin uile a ta gu teachd, agus seasamh an làthair Mhic an duine.

37 Agus bha e san là a' teagasg san teampull, agus san oidhche chaidh e mach, agus dh'fhan e air an t-sliabh, d'an goirear sliabh nan crann-ola.

38 Agus thainig an sluagh uile gu moch d'a ionnsuidh san teampull, a dh'éisdeachd ris.

### C A I B. XXII.

1 Tha na h-Iudhaich a' gabhail comhairle 'n aghaidh Iosa. 3 Tha Satan ag aomadh Iudais gu esan a bhrath. 7 Tha na abstoil ag ulluchadh na càisge. 19 Tha Crìosd ag orduchadh a shuipeir naomha. 32 a' dearbh-innseadh do Pheadar nach dìobradh a chreidimh e. 34 ach gu'n àicheadhadh e esan tri uair-ean; 39 a' deanamh ùrnuigh, agus fuaidh fhallas fola; 47 air a bhrath le pòig, &c.

**A** NIS dhruid riu féisd<sup>o</sup> an arain neo-ghoirtichte, d'an goirear<sup>p</sup> a' chaisg.

2 Agus bha na h-àrd shagairt<sup>r</sup> agus na scriobhuichean ag iarraidh cionnus a dh'fheadhadh iad esan a chur gu bàs; oir bha eagal an t-sluaigh orra.

3 An sin chaidh Satan ann an Iudas d'an comh-ainm Iscariot, a bha do àireamh an-dà fhir dheug.

4 Agus dh'imich e, agus labhair e ris na h-àrd shagartaibh agus ri ceannardaibh an teampull, cionnus a bhrathadh se esan doibh.

5 Agus bha iad subhach, agus rinn iad coimhcheangal airgid a thabhairt da.

6 Agus gheall esan, agus dh'iarr e àm iomchuidh air a bhrath dhoibh gun an sluagh a bhi làthair.

7 An sin thainig là an arain neo-ghoirtichte, anns am b'éigin an t-uanchaisge a mharbhadh.

8 Agus chuir e uaith Peadar agus Eoin, ag ràdh, Imichibh, agus ulluichibh dhuinn a' chàisg, chum gu'n ith sinn i.

9 Agus thubhairt iadsan ris, C'àit an àill leat sinn a dh'ulluchadh?

10 Agus thubhairt e riu, Feuch, air dhuibh dol a steach do'n bhaile, tachraidh oirbh duine, a' giùlan soithich uisge; leanaibh e do'n tigh anns an d'théid e steach.

11 Agus abruibh ri fear an tighe, A deir am maighstir riut, C'àit am bheil an seòmar aoidheachd anns an ith mi a' chàisg maille ri m' dheis-ciobluibh?

12 Agus feuchaidh e dhuibh àrd sheomar farsaing uidhimichte: ulluichibh an sin.

13 Agus dh'imich iad agus fhuair iad mar thubhairt e riu: agus dh'ulluich iad a' chàisg.

14 Agus an tràth thainig an uair, shuidh e sìos, agus an dà abstol deug maille ris.

15 Agus thubhairt e riu, Le mòr thogradh mhiannaich mi a' chàisg so itheadh maille ribh roimh dhomh. fulang:

16 Oir a deirim ribh, nach ith mi dhith tuilleadh, gus an coimhlionar i ann an rioghachd Dhé.

17 Agus ghlac e cupan, agus air dha buidheachas a thabhairt, thubhairt e, Gabhaibh so, agus roinnibh eadruibh féin e.

18 Oir a deirim ribh, nach òl mi do thoradh na fìonain, gus an d'thig rioghachd Dhé.

19 Agus ghlac e aran, agus an déigh buidheachas a thabhairt, bhris e, agus thug e dhoibhsan e, ag ràdh, 'Se so mo corpasa a ta air a thoirt air air bhur sonsa: deanuibh so mar chuimhneachan ormsa.

20 Agus mar an ceudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e 'n cupan so an tiomnadh nuadh ann am fhuilse, a dhòirteadh air bhur sonsa.

21 Ach feuch, làmh an ti a bhrathas mise maille rium air a' bhòrd.

22 Agus gu fìrinneach a ta Mac an duine ag imeachd a réir mar a dh'orduicheadh: ach is anaoibhinn do'n duine-sin leis am brathar e.

23 Agus thòisich iadsan air fiosrachadh eatorra féin, co aca bha gus an ni so a dheanamh.

24 Agus bha mar an ceudna comhstri eatorra, co aca bu mhò a bhiodh.

25 Ach thubhairt esan riu, A ta aig righribh nan Cinneach tighearnas orra; agus goirear daoine fial dhuibhsan, aig am bheil ùghdarras<sup>s</sup> orra.

26 Ach na bithibhse mar sin: ach an neach a's mò 'nar measg, biodh e mar an neach a's òige<sup>t</sup>: agus an ti a's àirde, mar esan a ta ri frithealadh.

27 Oir co aca 's mò, an ti a shuidheas air bòrd, no esan a fhritheileas? nach e 'n ti a shuidheas; ach a ta mise 'nar measgsa mar fhear-frithealaidh.

28 Is sibhse iadsan a dh'fhan maille riumsa ann am dheuchainnibh<sup>u</sup>,

29 Agus a ta mise 'g orduchadh dhuibh rioghachd, mar a' dh'orduich m'Athair dhomhsa:

30 Chum's gu'n ith agus gu'n òl

sibh air mo bhordsa ann am rioghachd, agus gu'n suidh sibh air caithrichibh rioghail, a' toirt breth air dà threibh dheug Israeil.

31 Agus thubhairt an Tighearn, A Shimoìn, a Shimoìn, feuch, dh'iarr Satan sibhse, chum bhur criaradh mar chruineachd:

32 Ach ghuidh mise air do shonsa, nach dìobradh do chreidimh thu: agus an uair a dh'iompoichear thu<sup>a</sup>, neartuich do bhràithre.

33 Agus thubhairt esan ris, A Thighearn, tha mise ullamh gu dol maille riut araon chum prìosuìn, agus a chum bàis.

34 Agus thubhairt esan, A deirim riut, a Pheadair, nach goir an coil-each an diugh, gus an àicheadh thu tri uairean gur aithne dhuìt mi.

35 Agus thubhairt e riu, 'Nuair a chuir mi uam sibh gun sporan, agus gun mhàla, agus gun bhrògan, an robh uireasbhuidh ni sam bith oirbh? Agus thubhairt iad, Cha robh.

36 An sin thubhairt e riu, Ach a nis ge b'e aig am bheil sporan, togadh se e, agus mar an ceudna a mhàla: agus an ti aig nach 'eil claidheamh, reiceadh e fhalluing, agus ceannachadh e aon.

37 Oir a deirim ribh, gur éigin fathast an ni so ta scriobhta a choimhlionadh annamsa, Agus bha e air àir-eamh am measg nan ciontach: oir a ta crìoch aig na nithibh ud, a ta mu m' thimchiollsa.

38 Agus thubhairt iadsan, A Thighearn, feuch, a ta dà chladheamh an so. Agus thubhairt esan riu, Is leoir e.

39 Agus air dha dol a mach, chaidh e, mar bu ghnàth leis, gu sliabh nan crann-ola; agus lean a dhèisciobuil e.

40 Agus an uair a thainig e do'n àit, thubhairt e riu, Deanaibh ùrnuigh, chum's nach tuit sibh ann am buaireadh.

41 Agus thairngeadh esan uatha mu thimchioll urchuir chloiche, agus leig se e féin air a ghlùinibh, agus rinn e ùrnuigh,

<sup>s</sup> smachd, cumhachd. <sup>t</sup> a's lugha. <sup>u</sup> bhuairibh. <sup>a</sup> bhios tu air tionndadh.



42 Ag ràdh, Athair, ma's toil leat cuir an cupan so tharum : gidheadh, na b'i mo thoilse, ach do thoilse gu robh deanta.

43 Agus dh'fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh, 'ga neartachadh.

44 Agus air bhli dha ann an cruaidh ghleachd anama, rinn e ùrnuigh ni bu dùrachdaiche : agus bha fhallas mar bhraona mòra fola a' tuit-eam sìos air an talamh.

45 Agus air dha éirigh o ùrnuigh, thainig e chum a dheisciobul, agus fhuair e 'nan codal iad tre thuirse.

46 Agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh 'nar codal? éiribh, agus deanaibh ùrnuigh, chum's nach tuit sibh ann am buaireadh.

47 Agus an uair a bha e fathast a' labhairt, feuch sluagh, agus dh'imich esan d'am b'ainm Iudas, aon do'n dà fhear dheug, rompa, agus dhruid e ri h-Iosa, chum a phògadh.

48 Ach thubhairt Iosa ris, A Iudais, am bheil thu le pòig a' brath Mhic an duine?

49 Agus an uair a chunnaic iadsan a bha mu thimchioll-san an ni a bha gu tachairt, thubhairt iad ris, A Thighearn, am buail sinn leis a' chhlaidheamh?

50 Agus bhuail aon diubh seirbhiseach an àrd shagairt, agus ghearr e deth a chluas dheas.

51 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, Fulaingibh gu so. Agus bhean e r'a chluais, agus shlànuich e i.

52 An sin thubhairt Iosa ris na h-àrd shagartaibh agus ceannardaibh an teampull, agus na seanairibh, a thainig d'a ionnsuidh, An d' thainig sibh a mach le cloidhibh agus le bataibh, mar gu b'ann an aghaidh fir-reubainn?

53 'N uair a bha mi gach là maille ribh san teampull, cha do shìn sibh a mach bhuir làmhnan a'm' aghaidh : ach 's i so bhuir n-uairse, agus cumhachd an dorchadais.

54 An sin rug iad air, agus thug iad leo e<sup>c</sup> do thigh an àrd shagairt. Agus lean Peadar am fad uaith e.

55 Agus air dhoibh teine fhadadh

ann am meadhon an talla, agus suidhe sìos am fochair a chéile, shuidh Peadar 'nam meadhon.

56 Ach chunnaic cailin àraidh e 'na shuidhe aig an teine, agus air dh'i amharc gu geur air, thubhairt i, Bha'm fear so mar an ceudna maille ris.

57 Agus dh'àicheadh esan e, ag ràdh, A bhean, cha'n aithne dhomh e.

58 Agus beagan 'na dhéigh sin chunnaic nach eile e, agus thubhairt e, 'S ann diubh thusa mar an ceudna. Agus thubhairt Peadar, A dhuine, cha 'n ann.

59 Agus mu thimchioll ùine aon uaire 'na dhéigh sin, chathaich d'neach eile air, ag ràdh, Gu fìrinneach bha'm fear so mar an ceudna maille ris; oir is Galiléach e.

60 Agus thubhairt Peadar, A dhuine, cha 'n aithne dhomh ciod a ta thu 'g ràdh. Agus air ball am feadh a bha e fathast a' labhairt, ghoir an coileach.

61 Agus air tionndadh do'n Tigh-earn, dh'amhairc e air Peadar; agus chuimhnich Peadar focal an Tigh-earna, mar thubhairt e ris, Mun goir an coileach, àicheadh tu mi tri uair-ean.

62 Agus chaidh Peadar a mach, agus ghul e gu goirt.

63 Agus rinn na daoine, a chum Iosa, fanoid air, 'ga bhualadh.

64 Agus an uair a dh'fholuich iad a shùilean, bhuail iad e san aghaidh, agus dh'fheòraich iad deth, ag ràdh, Dean fàidheadaireachd cò e a bhuail thu?

65 Agus labhair iad mòran do nithibh eile gu toibheumach 'na aghaidh.

66 Agus an uair a bha 'n là air teachid, chruinnich seanadh an t-sluaigh, agus na h-àrd shagairt agus na scriobhuichean an ceann a chéile, agus thug iad esan chum an comhairle,

67 Ag ràdh, An tusa Criosd? innis dhuinn. Agus thubhairt e riu, Ma dh'innseas mi dhuibh, cha chreid sibh.

68 Agus ma dh'fheòraicheas mi

ni air bith, cha toir sibh freagradh dhomh, agus cha leig sibh as mi.

69 O'n àm so bithidh Mac an duine 'na shuidhe air deas làimh eumhachd Dhé.

70 An sin thubhairt iad uile, An tusa ma seadh Mac Dhé? Agus thubhairt e riu, A deir sibhse gur mi.

71 Agus thubhairt iad, Ciod tuilleadh am feum a ta againn air fianuis? oir chuala sinn féin i as a bheul féin.

## C A I B. XXIII.

1 Tha Crìosd air a chasaid an làthair Philait. 8 Tha Herod a' deanamh fanoir air. 12 Rinneadh Herod agus Pilat 'nan cairdibh. 18 Tha Barabas air iarraidh leis an t-sluagh, agus air fhuasgladh le Pilat, agus tha Iosa air a thoirt thairis gu bhi air a cheusadh: &c.

**A** GUS air éirigh d'an cuideachd uile, thug iad e gu Pilat.

2 Agus thòisich iad air a chasaid, ag ràdh, Fhuair sinn am fear so a' clàonadh a' chinnich, agus a' bacadh cìs a thoirt do Cheasar, ag ràdh, Gur e féin Crìosd an rìgh.

3 Agus dh'fheòraich Pilat deth, ag ràdh, An tusa rìgh nan Iudhach? agus fhreagair esan agus thubhairt e, A deir tu e.

4 An sin thubhairt Pilat ris na h-àrd shagartaibh agus ris an t-sluagh, Cha 'n'eil mi faotainn coire air bith san duine so.

5 Agus bha iadsan ni bu ro dhéine, ag ràdh, Tha e buaireadh an t-sluaigh, a' teagasg tre Iudea uile, a' tòiseachadh o Ghalile gus an àit so.

6 'N uair a chuala Pilat mu Ghalile, dh'fheòraich e 'm bu Ghaliléach an duine.

7 Agus an uair a chual e gu'm b'ann fo uachdaranachd<sup>e</sup> Heroid a bha e, chuir se e gu Herod, a bha e féin an Ierusalem sna làithibh sin.

8 Agus an uair a chunnaic Herod Iosa, bha aoibhneas mòr air: oir bha déidh aige rè ùine fhada air esan fhaicinn, do bhrìgh gu'n cual e mòran uime; agus bha dùil<sup>f</sup> aige

gu 'm faicheadh e mìorbhuil éigin air a dheanamh leis.

9 An sin dh'fheòraich e mòran do cheisidibh dheth; ach cha d'thug e freagradh sam bith air.

10 Agus sheas na h-àrd shagairt agus na scrìobhuichean 'ga chasaid gu dian.

11 Ach chuir Herod agus a luchd-cogaidh an neo-mheas e, agus rinn iad fanoir air, agus an déigh a sgeadachadh an eudach dealrach<sup>g</sup> chuir e air ais gu Pilat e.

12 Agus rinneadh Pilat agus Herod 'nan cairdibh d'a chéile san là sin; oir bha iad roimhe sin an naimhd-eas r'a chéile.

13 Agus an uair a ghairm Pilat an ceann a chéile na h-àrd shagairt, agus na h-uachdarain, agus an sluagh,

14 Thubhairt e riu, Thug sibh a'm' ionnsuidhs' an duine so, mar neach a ta tionndadh an t-sluaigh a thaobh: agus feuch, air dhomh a cheasnachadh ann bhur làthair, cha d'fhuair mi coire air bith san duine so thaobh nan nithe sin mu'm bheil sibh a' deanamh casaid air;

15 No mar an ceudna Herod: oir chuir mi d'a ionnsuidh sibh, agus feuch, cha d'rinneadh ni air bith leis<sup>h</sup> toilltinneach air bàs.

16 Uime sin, air dhomhsa a smachdachadh, leigidh mi as e.

17 Oir b'éigin da aon a leigeadh as doibh air an fhéisd.

18 Agus ghlaodh iad a mach dh'aon ghuth, ag ràdh, Beir uainn am fear so, agus leig air a chomas duinne Barabas:

19 (Neach air son ceannairce àraidh a rinneadh anns a' bhaile, agus air son mortaidh, a thilgeadh am prìosun.)

20 Air an aobhar sin labhair Pilat riu a rìs, air dha bhi toileach Iosa a chur fa sgaoil.

21 Ach ghlaodh iadsan, ag ràdh, Ceus e, ceus e.

22 Agus thubhairt e riu an treas uair, C'ar son, ciod an cron a rinn e? cha d'fhuair mise cùis bhàis air bith ann: uime sin, an déigh dhomh a smachdachadh, leigidh mi as e.

<sup>e</sup> fo chunthachd, fo riaghladh. <sup>f</sup> dòchas. <sup>g</sup> ro gheal. <sup>h</sup> dha.



23 Agus luidh iadsan air le guth-aibh mòra, ag iarraidh esan a cheusadh: agus bhuadhaich an guthanna-san, agus *guthanna* nan àrd shagart.

24 Agus thug Pilat breth gu'n deanta na dh'iarr iad.

25 Agus leig e mach dhoibh esan a thilgeadh am prìosun air son ceann-airce agus mortaidh, an neach a dh'iarr iad; ach thug e thairis Iosa d'an toil.

26 Agus an tràth thug iad leo e, rug iad air Simon, duine àraidh o Chirene, a bha teachd o'n dùthaich, agus chuir iad an crann-ceusaidh air, g'a iomchar an déigh Iosa.

27 Agus lean cuideachd mhòr e do'n t-sluagh, agus do mhnaibh, a bha mar an ceudna ri bròn i, agus 'ga chaoineadh san.

28 Ach air tionndadh do Iosa riu, thubhairt e, A nigheana Ierusalem, na guilibh air mo shonsa, ach guilibh air bhur son féin, agus air son bhur cloinne:

29 Oir feuch, a ta na làithean a' teachd, anns an abair iad, Is beann-uichte na *mnà* sheasga<sup>1</sup>, agus na bronna nach do ghiùlain *clann*, agus na cìocha nach d'thug bainne.

30 An sin tòisichidh iad air a ràdh ris na beanntaibh, Tuitibh oirne; agus ris na cnocaibh, Folaichibh sinn.

31 Oir ma ni iad na nithe so ris a' chrann ùr, ciod a ni iad ris a' chrìonaich?

32 Agus thugadh mar an ceudna dithis eile a bha 'nan luchd droch-bheir, chum bhi air an ceusadh maille ris.

33 Agus an uair a thainig iad do'n àit d'an goircear Calbhari<sup>m</sup>, an sin cheus iad e féin, agus na droch dhaoine; fear dhiubh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chli.

34 An sin thubhairt Iosa, Athair, maith dhoibh; oir cha 'n'eil fhios aca ciod a ta iad a' deanamh. Agus ag roinn eudaich dhoibh, thilg iad crannchur air.

35 Agus sheas an sluagh ag amharc: agus rinn na h-uachdarain fanoid air maille rìusan, ag ràdh, Shaor e daoine eile; saoradh se e féin, ma 's e so Crìosd, aon taghta Dhé.

36 Agus rinn na saighdearan mar an ceudna fanoid air, a' teachd d'a ionnsuidh, agus a' tairgseadh fìon geur dha,

37 Agus ag ràdh, Ma's tu rìgh nan Iudhach, teasairg thu féin.

38 Agus bha sgrìobhadh mar an ceudna air a sgrìobhadh os a cheann, ann an litrichibh Gréigis, agus Laidin, agus Eabhra, IS E SÒ RÌGH NAN IUDHACH.

39 Agus thug aon do na droch dhaoineibh a chrochadh, toibheum dha, ag ràdh, Ma's tu Crìosd, saor thu féin agus sinne.

40 Ach fhreagair am fear eile, agus chronaich se e, ag ràdh, Nach 'eil eagal Dé ort, agus gu bheil thu fuidh 'n aon dìteadh ris?

41 Agus sinne da rìreadh an ceartas; oir a ta sinn a' faotainn nan nithe sin a thoill ar gnìomharan: ach cha d'rinn an duine so cron air bith.

42 Agus thubhairt e ri h-Iosa, A Thighearn, cuimhnich ormsa 'nuair a thig thu do d' rioghachd.

43 Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a deirim riut, gu'm bi thu maille rìumsa 'n diugh ann am pàrras.

44 Agus bha e mu thimchioll na seathadh uaire, agus bha dorchadas air an talamh uile gus an naothadh uair.

45 Agus dhorchaicheadh a' ghrian, agus reubadh brat-roinn an teampuill 'na mheadhon.

46 Agus an uair a ghlaodh Iosa le guth mòr, thubhairt e, Athair, a ta mi tiomnadh mo spioraid a'd' làmh-aibhsa: agus an uair thubhairt e so, thug e suas an deo.

47 A nis an uair a chunnaic an ceannard-ceud an ni a rinneadh, thug e glòir do Dhia, ag ràdh, Gu fìrinn-each b'ionracan an duine so.

48 Agus an sluagh uile a chruinnich dh'ionnsuidh an t seallaidh sin, an uair a chunnaic iad na nithe a rinneadh, phill iad air an ais, a' bualadh an uchd.

49 Agus sheas a luchd eòlais uile, agus na mnà a lean e o Ghalile, am fad uaith, ag amharc air na nithibh sin.

50 Agus feuch, duine àraidh d'am b'ainm Ioseph, comhairleach, a bha na dhuine maith, agus 'na fhìrean,

51 (Cha d'aontaich an duine so d'an comhairle no d'an gnìomh) O Arimatea, baile leis na h-Iudhach-aibh, (neach mar an ceudna aig an robh sùil ri rioghachd Dhé.)

52 Chaidh 'esan gu Pilat, agus dh'iarr e corp Iosa.

53 Agus air dha a thoirt a nuas, phaisg e ann an lìon-eudach e, agus chuir e ann an uaigh e a chladhaicheadh a carraig, anns nach do chuir-eadh aon duine riamh roimhe.

54 Agus b'e sin là an ulluchaidh, agus bha 'n t-sàbaid am fagus.

55 Agus lean na mnà a thainig maille ris o Ghalile, agus chunnaic iad an uaigh, agus cionnus a chuireadh a chorp.

56 Agus phill iad, agus dh'ulluich iad spìosraidh<sup>n</sup>, agus ola deadh bholaich; agus ghabh iad tàmh air là na sàbaid, a réir na h-àithne.

## C A I B. XXIV.

2 Tha aiseirigh Chrìosd air a cur an cèill le dà aingeal do na mnaibh a thainig a dh'amharc na h-uaighe: 9 tha iadsan 'ga innseadh do mhuinntir eile. 13 Dh'fhoillsich-eadh Chrìosd féin do'n dilhis dheiseibh a chaidh gu h-Emaus: 36 'na dhéigh sin dh'fhoillsich-eadh e do na h-abstolaibh, agus tha e 'gan eronachadh air son am mì chreidimh, 47 agus a' toirt àithne dhoibh; 49 tha e gealtuinn an Spioraid naomh, 51 agus a' dol suas do nèamh.

**A**NIS air a' cheud là do'n t-seachdain, gu ro mhoch air mhaduinn, thainig iad chum na h-uaighe, a' toirt leo nan spìosraidh a dh'ulluich iad, agus mnà àraidh eile maille riu.

2 Agus fhuair iad a' chlach air a caruchadh o'n uaigh.

3 Agus air dhoibh dol a steach, cha d'fhuair iad corp an Tighearna Iosa.

4 Agus am feadh a bha iad an iomacheist fa'n ni so, feuch, sheas dithis dhaoine làimh riu ann an eudaichibh dealrach.

5 Agus air bhi dhoibh fuaidh eagal, agus a' cromadh an aghaidh chum na talmhainn, thubhairt iad riu, C'ar son a ta sibh ag iarraidh an ti a ta beo am measg nam marbh?

6 Cha 'n'eil e 'n so, ach dh'éirich e: cuimhnichibh mar a labhair e ribh air dha bhi fathast ann an Galile,

7 Ag ràdh, Is éigin do Mhac an duine bhi air a thabhairt thairis do làmbaibh dhaoine peacach, agus a bhi air a cheusadh, agus éirigh a ris an treas là.

8 Agus chuimhnich iad a bhriathran.

9 Agus air dhoibh pilltinn o'n uaigh, dh'innis iad na nithe so uile do'n aon fhear deug, agus do chàch uile.

10 Agus b'i Muire Magdalen, agus Ioanna, agus Muire màthair Sheumais, agus mnà eile maille riu, a dh'innis na nithe so do na h-abstolaibh.

11 Agus mheasadh am briathra leo-san mar sgeula faoin, agus cha do chreid siad iad.

12 An sin air éirigh do Pheadar, ruith e chum na h-uaighe, agus air dha cromadh sìos, chunnaic e'n lìon-eudach 'na luidhe leis féin, agus dh'fhalbh e, a' gabhail iongantais leis féin mu'n ni so a rinneadh.

13 Agus feuch, bha dithis diubh a' dol air an là sin féin gu baile d'am b'ainm Emaus, a bha trì fichead stàid o Hierusalem.

14 Agus bha iad a' labhairt eatorra féin mu thimchioll nan nithe ud uile a thachair.

15 Agus an uair a bha iad a' còmhradh, agus a' coimh-reusonachadh, thainig Iosa e féin am fagus, agus dh'imich e maille riu.

16 Ach bha'n sùilean air an cumail, air chor as nach d'aithnieh iad e.

17 Agus thubhairt e riu, Ciod e an còmhradh so air am bheil sibh a' teachd cadruibh féin, ag imeachd dhuibh, agus sibh dubhach?

18 Agus fhreagair fear diubh d'am b'ainm Cleopas, agus thubhairt e ris, Am bheil thus' a' mhàin a' d'choigreach an Ierusalem, agus gun fhios



agad air na nithibh a rinneadh innte anns na làithibh so?

19 Agus thbhairt e riu, Ciod na nithe? Agus thubhairt iadsan ris, Na nithe a thaobh Iosa o Nasaret, a bha 'na fhàidh cumhachdach ann an gnìomh agus ann am focal am fianuis Dé, agus an t-sluaigh uile:

20 Agus cionnus a thug na h-àrd shagairt agus ar n-uachdarain thairis chum dìtidh bàis e, agus a cheus iad e.

21 Ach bha dùil againne gu'm b'esan an ti a bha gu Israel a shaoradh: agus a thuilleadh air so uile, 's e 'n diugh an treas là o rinneadh na nithe so.

22 Agus mar an ceudna, chuir mnàì àraidh dhinn féin, a chaidh gu moch a dh'ionnsuidh na h-uaigne, mòr ìoghnadh<sup>o</sup> oirnn:

23 Agus an uair nach d'fhuair iad a chorp, thainig iad, ag ràdh, gu'm fac iad sealladh do ainglibh, a thubhairt gu bheil e beo.

24 Agus chaidh dream àraidh dhiubhsan a bha maille ruinn féin, chum na h-uaigne, agus fhuair iad eadhon mar thubhairt na mnàì; ach cha'n fhac iad esan.

25 An sin thubhairt e riu, O dhaoine amaideach<sup>p</sup>, agus mall-chridheach a chreidsinn nan nithe sin uile a labhair na fàidhean!

26 Nach b'éigin do Chriosd na nithe so fhulang, agus dol a steach d'a ghlòir?

27 Agus air dha tòiseachadh o Mhaois, agus o na fàidhibh uile, dh'eadar-mhìnich e dhoibh anns na scriobtuiribh uile na nithe m'a thimchioll féin.

28 Agus dhruid iad ris a' bhaile, d'an robh iad a' dol: agus leig esan air gu'n rachadh e ni b'fhaide.

29 Ach choimhéignich iadsan e, ag ràdh, Fan maille ruinne, oir a ta e dlùth do'n fheasgar, agus tha deir-eachd an là ann. Agus chaidh e steach a dh'fhuireach maille riu.

30 Agus an uair a shuidh e gu biadh maille riu, air dha aran a ghlacadh, bheannuich se e, agus bhris se e, agus thug e dhoibh e.

31 Agus dh'fhosgladh an sàilean, agus dh'aithnich iad e; agus chaidh e as an t-sealladh.

32 Agus thubhairt iad r'a chéile, Nach robh ar cridhe a' lasadh ann-ainn, am feadh a bha e a' labhairt ruinn air an t-slighe, agus an uair a dh'fhosgail e dhuinn na scriobtuir-ean?

33 Agus dh'éirich iad air an uair sin féin, agus phill iad gu Hierusalem, agus fhuair iad an t-aon fhear deug cruinn an ceann a chéile, agus an dream a bha maille riu,

34 Ag ràdh, Dh'éirich an Tighearna da rìreadh, agus chunncas le Simon e.

35 Agus dh'innis iad na nithe a rinneadh air an t-slighe, agus mar a dh'aithnicheadh leo e ann am briseadh an arain.

36 Agus ag labhairt nan nithe so dhoibh, sheas Iosa féin 'nam meadhon, agus a deir e riu, Sìth maille ribh.

37 Ach bha iadsan fuidh gheilt-chrith agus fuidh eagal, agus shaoil iad gur spiorad a chunnaic iad.

38 Agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh fuidh bhuaireas<sup>r</sup>, agus e'ar son a ta smuaintean ag éirigh suas ann bhur cridhibh?

39 Feuchaibh mo làmhan agus mo chosan, gur mi féin a th'ann: laimh-sicilubh mi, agus faicibh, oir cha 'n'eil aig spiorad feoil agus cnàmha, mar a chi sibh agamsa.

40 Agus an uair a thubhairt e so, nochd e dhoibh a làmhan agus a chosan.

41 Agus air bhi dhoibh fathast mi-chreideach tre aoibhneas, agus iad fuidh iongantas, thubhairt e riu, Am bheil biadh sam bith agaibh an so?

42 Agus thug iad da mìr do iasg ròiste, agus do chìr-mheala.

43 Agus ghlac se e, agus dh'ith e 'nam fianuis.

44 Agus thubhairt e riu, 'Siad so na briathran a labhair mi ribh, 'nuair a bha mi fathast maille ribh, gur éigin do na h-uile nithibh a ta scriobhta ann an lagh Mhaois, agus anns na fàidhibh, agus anns na salm-

<sup>o</sup> namhas.

<sup>p</sup> neo-mhothachail.

<sup>r</sup> thriobloid.

aibh am thimchiollsa, bhi air an coimhlionadh.

45 An sin dh'fhosgail e an tuigse, chum gu'n tuigeadh iad na scriobtuirean.

46 Agus thubhairt e riu, Mar so a ta e scriobhta, agus mar so b'èigin do Chrìosd fulang, agus éirigh o na marbhaibh an treas là :

47 Agus aithreachas agus maith-eanas peacaidh bhi air an searmonachadh 'na ainmsan, do na h-uile chinneachaibh, a' tòiseachadh aig Ierusalem.

48 Agus is fianuisean sibhse air na nithibh so.

49 Agus feuch, cuireamsa gealladh m' Athar oirbh<sup>s</sup> : ach fanaibhse ann am baile Ierusalem, gus an sgeadaichear le cumhachd o na h-àrdaibh sibh.

50 Agus thug e mach iad co f had as Betani : agus thog e suas a làmh-an, agus bheannuich e iad.

51 Agus am feadh a bha e 'gam beannuchadh, dhealaicheadh riu e, agus thogadh suas gu nèamh e.

52 Agus rinn iad aoradh dha, agus philliad gu Hierusalem le gairdeachas mòr :

53 Agus bha iad a ghnàth anns an teampull, a' moladh agus a' beannuchadh Dhé. Amen.

## AN SOISGEUL A REIR EOIN.

### C A I B. I.

1 *Dia-achd, daonnachd, agus dreuchd Iosa Crìosd. 15 Fianuis Eoin. 39 Gairm Aindreaïs, Pheadair, &c.*

**A** NNS an toiseach bha am Focal, agus bha 'm Focal maille ri Dia, agus b'e 'm Focal Dia.

2 Bha e so air tùs maille ri Dia.

3 Rinneadh na h-uile nithe leis ; agus as eugmhais cha d'rinneadh aon ni a rinneadh.

4 Annsan bha beatha, agus b'i a bheatha solus dhaoine.

5 Agus tha 'n solus a' soillseachadh anns an dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas e.

6 Chuireadh duine o Dhia, d'am b'ainm Eoin.

7 Thainig esan mar fhianuis, chum fianuis a thoirt mu'n t-solus, chum gu'n creideadh na h-uile dhaoine tridsan.

8 Cha b'esan an solus sin, ach chuireadh e chum gu d'thugadh e fianuis mu'n t-solus.

9 B'e so an solus fìor a ta soillseachadh gach uile dhuine tha teachd chum an t-saoghail.

10 Bha e anns an t-saoghal, agus

rinneadh an saoghal leis, agus cha d'aithnich an saoghal e.

11 Thainig e dh'ionnsuidh a dhùcha fein, agus cha do ghabh a mhuinntir fe n ris.

12 Ach a mheud 's a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibhsan a ta creidsinn 'na ainm :

13 A bha air an gineamhuin, cha'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia.

14 Agus rinneadh<sup>t</sup> am Focal 'na fheoil, agus ghabh e còmhnuidh 'nar measgne, (agus chunnaic sinn a ghlòir, mar ghlòir aoine-ghin Mhic an Athar) lan gràs agus fìrinn.

15 (Thug Eoin fianuis uime, agus ghlaodh e, ag ràdh, 'S e so an ti mu'n do labhair mi, An ti a ta teachd a'm' dhéigh, tha toiseach aig orm ; oir bha e romham).

16 Agus as a làn-san fhuair sinne uile, agus gràs air son gràs

17 Oir thugadh an lagh le Maois, ach thainig an gràs agus an fhìrinn le Iosa Crìosd.

18 Cha'n fhaca neach air bith Dia riamh ; an t-aonghin Mic, a ta ann



an uchd an Athar, is esan a dh'fhoillsich e.

19 Agus is i so fianuis Eoin: An uair a chuir na h-Iudhaich sagairt agus Lebhithich o Hierusalem, chum gu'm feòraicheadh iad deth, Cò thusa?

20 Dh'aidich esan, agus cha d'aicheadh e; ach dh'aidich e, Cha mhi Criosd.

21 Agus dh'fheòraich iad deth, Ciod ma seadh? An tu Elias? Agus a deir e, Cha mhi. An tu am fàidh? Agus fhreagair e, Cha mhi.

22 An sin thubhairt iad ris, Cò thu? chum gu'n tabhair sinn freagradh dhoibhsan a chuir uatha sinn: ciod a tha thu 'g ràdh ad thimchioll féin?

23 Thubhairt e, Is mise guth an ti a ghlaodhas<sup>u</sup> anns an fhàsach, Dean-aibh dìreach slighe an Tighearna, mar thubhairt am fàidh Esaias.

24 Agus an dream a chuireadh leis an teachdaireachd, b'ann do na Phairisich iad.

25 Agus dh'fheòraich iad deth, agus thubhairt iad ris, C'ar son ma seadh a ta thu a' baisteadh, mur tu Criosd, no Elias, no 'm fàidh?

26 Fhreagair Eoin iad, ag ràdh, Ataims' a' baisteadh le h-uisge; ach a ta neach 'na sheasamh 'nar measg, nach aithne dhuibh.

27 'S e so an ti, a ta teachd a'm' dhéighse, aig am bheil toiseach òrm, neach nach airidh mise air barr-iall a bhròige fhuasgladh.

28 Rinneadh na nithe so ann am Betani<sup>a</sup> air an taobh thall do Iordan, far an robh Eoin a' baisteadh.

29 Air an là maireach chunnaic Eoin Iosa a' teachd d'a ionnsuidh, agus a deir e, Feuch Uan Dé, a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghail!

30 Is e so an ti mu'n dubhairt mi, Tha fear a' teachd a'm' dhéigh, aig am bheil barrachd òrm; oir bha e romham.

31 Agus cha robh aithne agamsa air: ach a chum gu'm bitheadh e air fhoillseachadh do Israel, uime sin thainig mi a' baisteadh le h-uisge.

32 Agus thug Eoin fianuis, ag ràdh, Chunnaic mi 'n Spiorad a' teachd a nuas mar choluman o nèamh, agus ghabh e còmhnuidh air.

33 Agus cha b'aithne dhomhsa e: ach an ti a chuir mi a bhaisteadh le h-uisge, thubhairt esan rium, Ge b'e air am faic thu an Spiorad a' teachd a nuas agus a' gabhail còmhnuidh air, 's e sin an ti a bhaisteadh leis an Spiorad naomh.

34 Agus chunnaic mi, agus rinn mi fianuis, gur e so Mac Dhé.

35 Air an là maireach a ris sheas Eoin, agus dithis d'a dheisciobluibh:

36 Agus air dha amharc air Iosa agus e ag imeachd<sup>b</sup>, a deir e, Feuch Uan Dhé!

37 Agus chual an dithis dheisciobul e a' labhairt, agus lean iad Iosa.

38 Agus air tionndadh do Iosa, chunnaic e iad 'ga leantuin, agus a deir e riu, Ciod a tha sibh ag iarraidh? Thubhairt iadsan ris, Rabbi, (se sin r'a ràdh, air eadar-theangachadh, A mhaighstir) c'ait am bheil thu gabhail còmhnuidh?

39 A deir e riu, Thigibh agus faicibh. Thainig iad agus chunnaic iad c'ait an robh e gabhail còmhnuidh, agus dh'fhan iad maille ris an là sin: oir bha e mu thimchioll na deicheamh uaire.

40 B'e Aindreas, bràthair Shimon Pheadair, aon do 'n dithis a chual Eoin a' labhairt, agus a lean esan.

41 Fhuair esan air tùs a bhràthair féin Simon, agus thubhairt e ris, Fhuair sinne am Mesias, is e sin, air eadar-theangachadh, Criosd<sup>c</sup>.

42 Agus thug e chum Iosa e, Agus an uair a dh'amhairc Iosa air, thubhairt e, Is tusa Simon mac Iona: goirear Cephas dhìot, is e sin air eadar-theangachadh, Peadar<sup>d</sup>.

43 Air an là 'na dhéigh sin, bu toil le Iosa dol a mach do Ghalile, agus fhuair e Philip, agus a deir e ris, Lean mise.

44 A nis bha Philip o Bhetsaida, baile Aindreais agus Pheadair.

45 Fhuair Philip Natanael, agus a

<sup>u</sup> Is mise esan aig am bheil a ghuth ag éigheach <sup>a</sup> Betabara.  
b a' sràid-imeachd. <sup>c</sup> Christos Gr. i. e. Aon ungta. <sup>d</sup> Petros Gr. i. e. carraig.

deir e ris, Fhuair sinne an ti mu'n do scriobh Maois anns an lagh, agus na fàidhean, Iosa o Nasaret, mac Ios-eiph.

46 Agus thubhairt Natanael ris, Am feud ni maith air bith teachd a Nasaret? Thubhairt Philip ris, Thig agus faic.

47 Chunnaic Iosa Natanael a' teachd d'a ionnsuidh, agus a deir e uime, Feuch Israeleach da rìreadh, anns nach 'eil cealg.

48 A deir Natanael ris, Cionnus is aithne dhuit mi? Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Mun do ghairm Philip thu, 'nuair a bha thu fuidh 'n chrann-fhìge, chunnaic mise thu.

49 Fhreagair Natanael agus thubhairt e ris, Rabbi, is tusa Mac Dhé, is tu Rìgh Israeil.

50 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, A chionn gu'n dubhairt mi riut, Chunnaic mi thu fuidh 'n chrann-fhìge, am bheil thu creidsinn? chi thu nithe a's mò na iad so.

51 Agus thubhairt e ris, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, 'Na dhéigh so chi sibh nèamh fosgailte, agus aingil Dhé a' dol suas agus a' teachd a nuas air Mac an duine.

## C A I B. II.

1 Tha Criosd a' deanamh fìon do'n uisge, 12 a' dol do Chapernaum, agus do Herusalem, 14 far am bheil e a' glanadh an teampull o luchd reicidh agus ceannachd: 19 a' roimh-innseadh a bhàis agus aiseirigh, &c.

**A** GUS air an treas là bha pòsadh ann an Cana Ghalile; agus bha màthair Iosa an sin.

2 Agus fhuair Iosa mar an ceudna agus a dheisciobuil cuireadh chum a' phòsaidh.

3 Agus air teireachdainn do'n fhìon, thubhairt màthair Iosa ris, Cha 'n'eil fìon aca.

4 Thubhairt Iosa rithe, Ciod e mo ghnothuchsa riut, a bhean? cha d'thainig m'uairste fathast.

5 Thubhairt a mhàthair ris an luchd frithealaidh, Ge b'e ni a their e ribh, deanaibh e.

6 Agus bha sea soithichean uisge do chloich air an cur an sin, a réir gnàtha glanaidh nan Iudhach, a ghabhadh dà fheircin no trì gach aon diubh.

7 Thubhairt Iosa riu, Lìonaibh na soithiche le uisge. Agus lìon siad iad gus am beul.

8 Agus thubhairt e riu, Tàirngibh a nis, agus thugaibh chum uachdarain na cuirme<sup>c</sup>. Agus thug iad ann e.

9 'Nuair a bhlais uachdaran na cuirme an t-uisge a rinneadh 'na fhìon, (agus cha robh fhios aige cia as a thainig e; ach bha fhios aig an luchd frithealaidh a tharruing an t-uisge) ghoir uachdaran na cuirme am fear nuadh-pòsda f,

10 Agus thubhairt e ris, Cuiridh gach duine fìon maith a làthair air tùs; agus an uair a dh'òlas daoine gu leoir, an sin am fìon a's measa: ach ghleidh thus' am fìon maith gus a nis.

11 An toiseach so do mhòrbhuil-ibh rinn Iosa ann an Cana Ghalile, agus dh'fhoillsich e a ghlòir; agus chreid a dheisciobuil ann.

12 An déigh so chaidh e sìos do Chapernaum, e féin, agus a mhàthair, agus a bhràithrean, agus a dheisciobuil, agus cha d'fhan iad ann mòran do làithibh.

13 Agus bha càisg nan Iudhach am fagus, agus chaidh Iosa suas gu Hierusalem.

14 Agus fhuair e 'nan suidhe anns an teampull luchd reicidh cruaidh<sup>e</sup>, agus chaorach, agus choluman, agus luchd malairt an airgid:

15 Agus air deanamh sgiùrsairh dha do chordaibh caola, dh'fhuadaich e mach as an teampull iad uile, agus na caoraich agus an crobh; agus dhòirt e mach airgid an luchd malairt, agus thilg e na buird thairis;

16 Agus thubhairt e rìusan a bha reiceadh choluman, Togaibh iad sin as so; na deanaibh tigh m'Atharsa 'na thigh marsandachd.

17 Agus chuimhnich a dheisciobuil gu'n robh e sgrìobhta, Dh'ith eud<sup>i</sup> do thighe suas mi.

18 An sin fhreagair na h-Iudh-



aich, agus thubhairt iad ris, Ciod an comhara nochdas tu dhuinne, do bhrìgh gu bheil thu deanamh nan nithe sin?

19 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riù, Leagaibh sìos an teampull so, agus an trì làithibh cuiridh mise suas e.

20 An sin thubhairt na h-Iudhaich, Sea bliadhna agus dà fhichead bha 'n teampull so 'ga thogail, agus an cuir thusa suas an trì làithibh e?

21 Ach labhair esan mu theampull a chuirp.

22 Uime sin an uair bha e air éirigh o na marbhaibh, chuimhnich a dheisciobuil gu'n dubhairt e so: agus chreid iad an scriobtuir, agus am focal a thubhairt Iosa.

23 A nis an uair a bha e an Ierusalem aig a' chàisg, air an fhéisd, chreid mòran 'na ainm, an uair a chunnaic iad na mìorbhuilean a rinn e.

24 Ach cha d'earb Iosa e féin riù, do bhrìgh gu'm b'aithne dha na h-uile dhaoine,

25 Agus nach robh feum aige neach air bith a dheanamh fianuis air duine: oir bha fhios aige ciod a bha anns an duine.

### C A I B. III.

1 Tha Crìosd a' teagasg do Nicodemus feum na h-ath-ghineamhuin.

14 Mu chreidimh 'na bhàs. 16 Mòr ghràdh Dhé do'n domhan, &c.

**A** GUS bha duine do na Phairisich, d'am b'ainm Nicodemus, a bha 'na uachdaran air na h-Iudhaich:

2 Thainig esan chum Iosa san oidhche, agus thubhairt e ris, A mhaighstir, tha fhios againn gur fear-teagaisg thu a thainig o Dhia: oir cha'n urradh duin' air bith na mìorbhuile so dheanamh a ta thusa a' deanamh, mur bi Dia maille ris.

3 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris. Gu deimhin deimhin a deirim riut, mur beirear duine a ris<sup>m</sup>, nach feud e rioghachd Dhé fhaicinn.

4 Thubhairt Nicodemus ris, Cionnus a dh'fheudas duine bhi air a

bhreith 'nuair a ta e aosda? am bheil e comasach air dol a stigh an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus a bhi air a bhreith?

5 Fhreagair Iosa, Gu deimhin deimhin a deirim riut, mur bi duine air a bhreith o uisge, agus o'n Spiorad, cha 'n urrainn e dol a steach do rioghachd Dhé.

6 An ni sin a ta air a bhreith o'n fheoil, is feoil e; agus an ni sin a ta air a bhreith o'n Spiorad, is spiorad e.

7 Na gabh iongantas gu 'n dubhairt mi riut, Is éigin duibh bhi air bhur breith a ris.

8 Tha ghaoth a' séideadh far an àill leatha, agus tha thu a' cluinntinn a fuaim ach cha 'n'eil fhios agad cia as a tha i teachd, no c' àit a tha i dol: is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad.

9 Fhreagair Nicodemus agus thubhairt e ris, Cionnus a dh'fheudas na nithe so bhi?

10 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Am bheil thusa a'd'fhear-teagaisg Israeil, agus nach aithne dhuist na nithe so?

11 Gu deimhin deimhin a deirim riut, gu bheil sinne a' labhairt an ni a's fios duinn, agus a' toirt fianuis air an ni sin a chunnaic sinn; agus cha ghabh sibhse ar fianuis.

12 Ma dh'innis mi dhuibh nithe talmhaidh, agus nach creid sibh, cionnus a chreideas sibh ma dh'inns-eas mi dhuibh nithe nèamhaidh?

13 Agus cha deachaidh aon neach suas do nèamh, ach an ti a thainig a nuas o nèamh, Mac an duine a ta air nèamh.

14 Agus mar a thog Maois suas an nathair san fhàsach, is ann mar sin is éigin do Mhac an duine bhi air a thogail suas:

15 Chum's ge b'e neach a chreideas ann, nac' sgriosar e<sup>n</sup>, ach gu'm bi a' bheatha mhaireannach aige.

16 Oir is ann mar sin a ghràdh-aich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic féin, chum's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige.

17 Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal, chum gu'n dìteadh e 'n saoghal, ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shaoradh tridsan.

18 An ti a chreideas ann, cha dìtear e: ach an ti nach creid, tha e air a dhìteadh cleana, chionn nach do chreid e an ainm aoine-ghin Mhic Dhé.

19 Agus is e so an dìteadh, gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghràdhaich daoine an dorchadas ni's mò na'n solus, a chionn gu'n robh an gnìomharan olc.

20 Oir gach neach a ta deanamh uile, tha e toirt fuath do'n t-solus, agus cha 'n'eil e teachd chum an t-soluis, air eagal gu'm biodh oibre air an cronachadh.

21 Ach an ti a ni 'n fhìrinn, thig e chum an t-soluis, chum's gu'm bi oibre follaiseach, gur ann an Dia a rinneadh iad.

22 An déigh sin thainig Iosa agus a dheisciobuil do thìr Iudea, agus dh'fhan e 'n sin maille riu, agus bhaist e.

23 Agus bha Eoin mar an ceudna a' baisteadh ann an Enon, làimh ri Salim, do bhrìgh gu'n robh mòran uisgeachan an sin: agus thainig iad, agus bhaisteadh iad.

24 Oir cha robh Eoin fathast air a thilgeadh am prìosun.

25 An sin dh'éirich ceist eadar deisciobuil Eoin agus na h-Iudhaich, mu thimchioll glanaidh.

26 Agus thainig iad chum Eoin, agus thubhairt iad ris, A mhaighstir, an ti a bha maille riut an taobh thall do Iordan, d'an d'thug thu fianuis, feuch, tha esan a' baisteadh, agus tha na h-uile dhaoine a' teachd d'a ionnsuidh.

27 Fhreagair Eoin agus thubhairt e, Cha 'n'eil duine comasach air ni sam bith a ghabhail, mur bi e air a thoirt da o nèamh.

28 Tha sibhse féin a' toirt fianuis domhsa, gu'n dubhairt mi, Cha mhi Crìosd, ach gu'n do chuireadh roimhe mi.

29 An ti aig am bheil a' bhean nuadh-phòsda, 'se 'm fear nuadh-phòsda e: ach caraid an fhìr nuadh-

phòsda, a ta 'na sheasamh agus ag éisdeachd ris, tha e a' deanamh gairdeachais mhòir air son guth an fhìr nuadh-phòsda: uime sin tha mo ghairdeachas so air a choimhlionadh.

30 Is éigin dasan fàs, ach dhomhsa bhi air mo lughdachadh.

31 An ti a thig a nuas, tha e os ceann nan uile: an ti a tha o'n talamh, tha e talmhaidh, agus labhraidh e air mhodh talmhaidh: an ti a thig o nèamh, tha e os ceann nan uile.

32 Agus an ni a chunnaic agus a chual e, air sin tha e toirt fianuis; agus cha 'n'eil aon duine a' gabhail r'a fhianuis.

33 An ti a ghabh r'a fhianuis-san, chuir e a sheula ris, gu bheil Dia fìor.

34 Oir an ti a chuir Dia uaith, tha e a' labhairt bhriathar Dhé: oir cha'n ann a réir tomhais a tha Dia a' toirt an Spioraid da.

35 Is toigh leis an Athair am Mac, agus thug e na h-uile nithe 'na làimh.

36 An ti a chreideas anns a Mhac, tha bheatha mhaireannach aige: ach an ti nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac, cha'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air.

## C A I B. IV.

1 Tha Crìosd a' còmhradh ris a Bhan-samaritanaich, agus ga fhoillseachadh féin d'i. 27 Tha dheisciobuil a' gabhail iongantais. 31 Tha e cur an cèill doibh eud féin air son glòire Dhé. 39 Tha mòran do na Samaritanaich a' creidsinn ann. 43 Tha e dol do Ghalile, &c.

**A**IR an aobhar sin an uair a thuig Iosa gu'n cuala na Phairisich gu'n robh e a' deanamh agus a' baisteadh tuilleadh dheisciobul na Eoin,

2 (Ge nach do bhaist Iosa féin iad, ach a dheisciobuil)

3 Dh'fhàg e Iudea, agus chaidh e ris do Ghalile.

4 Agus b'éigin da dol tre Shamaria.

5 An sin thainig e gu baile a bhuincardh do Shamaria, d'an goirear Sichar, fagus do'n fhearann a thug Iacob d'a mhac Ioseph.

6 A nis bha tobar Iacob an sin.



Uime sin air do Iosa bhi sgùth leis a thurus, shuidh e mar sin làimh ris an tobar : agus bha e mu thimchioll na seathadh uaire.

7 Thainig bean o Shamaria a tharruing uisge : a deir Iosa rithe, Thoir dhomhsa deoch.

8 Oir bha a dheisciobuil air dol do'n bhaile a cheannach bidh.

9 An sin thubhairt a' bhean o Shamaria ris, Cionnus a ta thusa agus gur Iudhach thu, ag iarraidh deoch uamsa, a ta a'm' Bhan-samaritanaich? oir cha 'n'eil communn aig na h-Iudhaich ris na Samaritanaich.

10 Fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, Nam b'aithne dhuith tiodhlacadh<sup>o</sup> Dhé, agus cò e a ta 'g ràdh riut, Thoir dhomh deoch, dh'iarradh tu airsan, agus bheireadh e uisge beo dhuit.

11 A deir a' bhean ris, A Thigh-earn, cha 'n'eil inneal tarruing agad, agus tha 'n tobar domhain : uime sin cia as a ta 'n t-uisge beo sin agad?

12 Am mò thusa na ar n-athair Iacob, a thug dhuinne an tobar so, agus a dh'òl as e féin, agus a chlann, agus a spréidh?

13 Fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, Ge b'e neach a dh'òlas do'n uisge so, bithidh tart<sup>p</sup> air a ris :

14 Ach ge b'e neach a dh'òlas do'n uisge a bheir mise dha, cha bhi tart gu bràth air : ach an t-uisge a bheir mise dha, bithidh e 'na thobar uisge ann, a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich.

15 A deir a' bhean ris, A Thigh-earn, thoir dhomhsa an t-uisge so, chum's nach bi tart orm, agus nach d'thig mi an so a tharruing.

16 A deir Iosa rithe, Imich, gairm t'fhear-pòsda, agus thig an so.

17 Fhreagair a' bhean agus thubhairt i, Cha 'n'eil fear agam. Thubhairt Iosa rithe, Is maith a thubhairt thu, Cha 'n'eil fear agam :

18 Oir bha cùigear fhear agad, agus esan a ta agad a nis, cha'n e t'fhear féin e : thubhairt thu so gu fìor.

19 A deir a' bhean ris, A Thigh-earn, tha mi faicinn gur fàidh thu.

20 Rinn ar n-aithriche aoradh san t-sliabh so ; agus a deir sibhse, gur ann an Ierusalem a ta 'n t-ionad anns an còir aoradh a dheanamh.

21 A deir Iosa rithe, A bhean, creid mise, gu bheil an uair a' teachd, anns nach dean sibh aoradh do'n Athair aon chuid san t-sliabh so, no ann an Ierusalem.

22 Tha sibh a' deanamh aoraidh do'n ni nach aithne dhuibh : tha sinne a' deanamh aoraidh do'n ni a's aithne dhuinn : oir is ann o na h-Iudhachaibh a ta slàinte.

23 Ach a ta 'n uair a' teachd, agus a ta i nis ann, anns an dean am fìor luchd-aoraidh aoradh do'n Athair ann an spiorad agus ann am fìrinn : oir a ta an t-Athair ag iarraidh an leithide so do luchd aoraidh.

24 Is Spiorad Dia, agus is éigin d'a luchd-aoraidh, aoradh a dheanamh dha an spiorad agus am fìrinn.

25 A deir a' bhean ris, Tha fbios agam gu bheil am Mesias a' teachd, d'an goirear Crìosd : 'nuair a thig esan, innsidh e na h-uile nithe dhuinn.

26 A deir Iosa rithe, Is mise e, a ta labhairt riut.

27 Agus air a so thainig a dheisciobuil, agus b'iongantach leo gu'n robh e labhairt ri mnaoi : ach cha dubhairt aon neach, Ciod a tha thu 'g iarraidh? no c'ar son a tha thu labhairt rithe?

28 An sin dh'fhàg a' bhean a soitheach uisge, agus dh'fhalbh i do'n bhaile, agus a deir i ris na daoineibh,

29 Thigibh, faicibh duine a dh'innis dhomhsa na h-uile nithe a rinn mi riamh : an e so Crìosd?

30 An sin chaidh iad a mach as a' bhaile, agus thainig iad d'a ionnsuidhsan.

31 San àm sin féin ghuidh a dheisciobuil air, ag ràdh, A mhaighstir, ith.

32 Ach thubhairt esan riu, Tha agamsa biadh r'a itheadh air nach 'eil fhios agaibhse.

33 Uime sin thubhairt na deisciobuil r'a chèile, An d'thug neach air bith na d'a ionnsuidh r'a itheadh?

34 Thubhairt Iosa riu, Is e mo bhiadhaisa toil an ti a chuir uaith mi a dheanamh, agus obair a chrìoch-nachadh.

35 Nach abair sibhse, A ta uine cheithir mìos ann fathast, agus an sin thig am fogharadh? feuch, a deirim ribh, Togaibh suas bhur sùilean, agus seallaibh air na h-achaibh; oir a ta iad a cheana geal chum an fhogharaidh.

36 Agus an ti a bhuaineas tha e faotainn tuarasdail, agus a' cruinneachadh toraidh chum na beatha maireannaich; chum's gu'n dean an ti a chuireas, agus an ti a bhuaineas, gairdeachas maraon<sup>r</sup>

37 Agus an so tha 'n ràdh<sup>t</sup> ud fìor, Gu bheil neach a' cur, agus neach eile a' buain.

38 Chuir mise sibhse a bhuain an ni sin nach do shaothraich sibh: shaothraich daoine eile, agus chaidh sibhse steach 'nan saothair.

39 Agus chreid mòran do Shamaritanaich a' bhaile sin ann, a' son cainnte na mnà, a thug fianuis ag ràdh, Dh'innis e dhomh na h-uile nithe a rinn mi riamh.

40 Uime sin an uair a thainig na Samaritanaich d'a ionnsuidh, ghuidh iad air fantuinn maille riu: agus dh'fhuirich e 'n sin dà latha.

41 Agus chreid mòran tuilleadh air son fhocail féin:

42 Agus thubhairt iad ris a' mhnaoi, Tha sinn a' creidsinn, cha 'n ann a so suas air son do chòmhradh-sa: oir chuala sinn féin e, agus a ta fhios againn gur e so da rìreadh Crìosd, Slànuighear an t-saoghail.

43 Agus an déigh dà latha dh'fhalbh e as sin, agus chaidh e do Ghalile:

44 Oir thug Iosa féin fianuis, nach 'eil urram aig fàidh 'na thìr féin.

45 Uime sin an uair a thainig e do Ghalile, ghabh na Galiléaich ris, air dhoibh na nithe sin uile fhaicinn a rinn e ann an Ierusalem air an fhéisd: oir chaidh iadsan mar an céudna chum na féisde.

46 An sin thainig Iosa a rìs do

Chana Ghalile, far an d'rinn e fìon do'n uisge. Agus bha duine cumhachdach<sup>t</sup> àraidh, aig an robh a mhac gu tinn ann an Capernaum.

47 'Nuair a chual esan gu'n robh Iosa air teachd a Iudea do Ghalile, chaidh e d'a ionnsuidh, agus ghuidh e air gu'n rachadh e sìos, agus gu'n slànuicheadh e a mhac: oir bha e ri h-uchd bàis.

48 An sin thubhairt Iosa ris, Mur faic sibh comharan agus mìorbhuilean, cha chreid sibh.

49 Thubhairt an duine cumhachdach ris, A Thighearn, rach<sup>u</sup> sìos mum faigh mo leanaban bàs.

50 Thubhairt Iosa ris, Imich; tha do mhac beo. Agus chreid an duine am focal a labhair Iosa ris, agus dh'imich e.

51 Agus am feadh a bha e fathast a' dol sìos, choinnich a sheirbhisich e, agus dh'innis iad da, ag ràdh, Tha do mhac beo<sup>a</sup>.

52 An sin dh'fheòraich e dhiubh an uair anns an deachaidh e 'm feabh-sa: agus thubhairt iad ris, An dé air an t-seachdamh uair dh'fhàg am fiabhrus e.

53 An sin dh'aithnich an t-athair gu'm b'i an uair sin féin, anns an dubhairt Iosa ris, Tha do mhac beo; agus chreid e féin, agus a theaghlach uile.

54 'Se so a rìs an dara mìorbhuil a rinn Iosa, 'nuair a thainig e a Iudea do Ghalile.

## C A I B. V.

1 Tha Iosa air latha na sàbaid a' leigheas an duine a bha fuidh leòn rè ochd bliadhna deug thar fhichead:

10 Tha na h-Iudhaich uime sin a' connsachadh ris, agus 'ga ghèur-leanmhuinn air a shon, &c.

**N**A dhéigh so bha féisd nan Iudhaich ann, agus chaidh Iosa suas gu Hierusalem.

2 A nis a ta ann an Ierusalem làimh ri geatadh<sup>b</sup> nan caorach lochan, d'an goirear sa' chainnt Eabh-ruidhich, Betesda, aig am bheil cùig tighean-fasgaidh<sup>c</sup>.

<sup>r</sup> cuideachd, le chéile. <sup>s</sup> an gnàth-fhocal. <sup>t</sup> mòr, rìoghail.

<sup>u</sup> theirig, falbh, gabh. <sup>a</sup> gu maith. <sup>b</sup> margadh. <sup>c</sup> sgàth-thighean.



3 Annta sin bha 'nan luidhe mòr bhuidheann do dhaoibh euslan, dall, bacach, seargta, a' feitheamh ri caruchadh an uisge.

4 Oir chaidh aingeal sìos an àm àraidh san lochan, agus chuir e 'n t-uisge tre chéile : uime sin an ceud neach a rachadh sìos ann an déigh cur tre chéile an uisge, rinn-eadh slàn e a dh'aon tinneas a bhiodh air.

5 Agus bha duine àraidh an sin, a bha ochd bliadhna deug thar fhichead ann an euslaint.

6 'N uair a chunnaic Iosa esan 'na luidhe, agus fios aige gu'n robh e nis aine fhada *mar sin*, a deir e ris, Am miann leat bhì air do dheanamh slàn ?

7 Fhreagair an duine euslan e, A Thighearn, cha'n 'eil duin' agam, an uair a chuirear an t-uisge tre a chéile, a chuireas anns an lochan mi : ach am feadh a tha mise teachd, tha neach eile a' dol sìos romham.

8 A deir Iosa ris, Eirich, tog do leaba, agus imich.

9 Agus air ball rinneadh an duine slàn, agus thog e a leaba, agus dh'imich e : agus bha 'n t-sàbaid ann air an là sin.

10 Uime sin thubhairt na h-Iudhaich ris an ti a shlànuicheadh, Is i 'n t-sàbaid a ta ann ; cha 'n'eil e dlìgheach dhuit do leaba iomchar.

11 Fhreagair e iad, An ti a rinn slàn mi, thubhairt esan rium, Tog do leaba agus imich ?

12 An sin dh'fhèdraich iad deth, Cò an duine a thubhairt riut, Tog do leaba agus imich ?

13 Agus cha robh fhios aig an ti a shlànuicheadh, cò e : oir chaidh Iosa as a shealladh, air do mhòr shluagh bhì anns an àit.

14 'Na dhéigh so fhuair Iosa e anns an teampull, agus thubhairt e ris, Feuch, rinneadh slàn thu : na peacuich ni's mò, air eagal gu'n tach-air ni's measa dhuit.

15 Dh'imich an duine, agus dh'innis e do na h-Iudhachaibh gu'm b'e Iosa a rinn slàn e.

16 Agus air a shon so rinn na h-Iudhaich geur-leannhuinn air Iosa, agus dh'iarr iad a mharbhadh, do

bhrìgh gu'n d'rinn e na nithe so air an t-sàbaid.

17 Ach fhreagair Iosa iad, Tha m' Athair ag oibreachadh gus a nis, agus tha mise ag oibreachadh.

18 Uime sin bu mhòid a dh'iarr na h-Iudhaich a mharbhadh, a chionn nach e mhàin gu'n do bhris e 'n t-sàbaid, ach gu'n dubhairt e mar an ceudna gu'm b'e Dia Athairsan, 'ga dheanamh féin coimh-ionann ri Dia.

19 Air an aobhar sin fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, nach 'eil am Mac comasach air ni sam bith a dheanamh uaith féin, ach an ni a chi e 'n t-Athair a' deanamh : oir ge b'e nithe a ni esan, na nithe sin féin ni am Mac mar an ceudna.

20 Oir is ionmhuinn leis an Athair am Mac, agus a ta e a' foillseachadh dha nan uile nithe a tha e féin a' deanamh : agus foillsichidh e dha oibre a's mò na iad so, air chor as gu'm bi iongantais oirbhse.

21 Oir mar a ta 'n t-Athair a' dùsgadh, agus a' beothachadh nam marbh, is amhuil sin a ta am Mac a' beothachadh an dream a's àill leis.

22 Oir cha 'n'eil an t-Athair a' toirt breth air duine sam bith ; ach thug e gach uile bhrèitheanas do'n Mhac :

23 Chum's gu'n d'thugadh na h-uile dhaoine urram do'n Mhac, amhuil mar a ta iad a' toirt urraim do'n Athair. An ti nach 'eil a' toirt urraim do'n Mhac, cha 'n'eil e toirt urraim do'n Athair a chuir uaith e.

24 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti a dh'éisdeas ri m' fhocalsa, agus a ta creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha a' bheatha mhair-eannach aige, agus cha d'thig e chum dìtidh ; ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha.

25 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Gu bheil an uair a' teachd, agus gu bheil i nis ann, anns an cluinn na mairbh guth Mhic Dhé : agus an dream a chluinneas, bithidh iad beo.

26 Oir mar a ta aig an Athair beatha ann féin, is amhuil sin a thug e do'n Mhac beatha a bhì aig anna féin ;

27 Agus thug e mar an ceudna dha ùghdarras chum breth a thabhairt, do bhrìgh gur e Mac an duine.

28 Na gabhaibh iongantas deth so: oir a ta 'n uair a' teachd, anns an duinn iadsan uile a ta sna h-uaighibh a ghuthsan :

29 Agus théid iad a mach, iadsan a rinn maith, chum aiseirigh na beatha ; agus iadsan a rinn olc, chum aiseirigh an damnaidh.

30 Cha 'n'eil mise comasach air ni sam bith a dheanamh uam féin : mar a chluinneam, bheiream breth : agus a ta mo bhreitheanas ceart ; do bhrìgh nach 'eil mi 'g iarraidh mo thoile féin, ach toil an Athar a chuir uaith mi.

31 Ma bheir mise fianuis a m' thimchioll féin, cha 'n'eil m' fhianuis fìor<sup>e</sup>.

32 Tha neach eile a' toirt fianuis a m' thimchioll, agus a ta fhios agam gur fìor an fhianuis a tha e deanamh mu m' thimchioll.

33 Chuir sibhse chum Eoin, agus thug e fianuis do'n fhìrinn.

34 Ach cha 'n'eil mise a' gabhail fianuis o dhuine: ach a deirim na nithe so, chum gu'm bi sibhse air bhr tearnadh.

35 B'esan an lòchran lasta<sup>f</sup> agus dealrach: agus bha sibhse toileach car tamuill gairdeachas a dheanamh 'na sholus.

36 Ach a ta agamsa fianuis a's mò na fianuis Eoin: oir na h-oibre a thug an t-Athair dhomhsa chum gu'n crìochnaichinn iad, tha na h-oibre sin féin a tha mise a' deanamh, a' toirt fianuis a m' thimchioll, gu'n do chuir an t-Athair uaith mi.

37 Agus an t-Athair féin a chuir uaith mi, thug e fianuis a m' thimchioll. Cha chuala sibh riamh a ghuth, ni mò a chunnaic sibh a choslas.

38 Agus cha 'n'eil fhocalsan agaibh a' gabhail còmhnuidh annaibh: oir an ti sin a chuir esan uaith, cha 'n'eil sibh 'ga chreidsinn.

39 Rannsaichibh<sup>g</sup> na scriobtuirean, oir a ta sibh a' saòilsinn gu bheil a' bheatha mhaireannach agaibh annt-

asan, agus is iad sin a ta toirt fianuis a m' thimchiollsa.

40 Gidheadh cha 'n àill libh teachd a m' ionnsuidhse, chum gu'm faigh-eadh sibh beatha.

41 Cha 'n'eil mise a' gabhail urraim<sup>h</sup> o dhaoineibh.

42 Ach is aithne dhomh sibhse, nach 'eil gràdh Dhé agaibh annaibh.

43 Thainig mise an ainm m' Athar, agus cha 'n'eil sibh a' gabhail rium: ma thig neach eile 'na ainm féin, gabhaidh sibh risean.

44 Cionnus a dh'fheudas sibh creidsinn, a ta gabhail urraim o chéile, agus nach 'eil ag iarraidh an urraim a thig o Dhia a mhàin?

45 Na saoilibh gu'n dean mise bhr casaid ris an Athair: tha aon a tha deanamh casaid oirbh, Maois, anns am bheil sibh a' cur bhr dòchaisi.

46 Oir nan creideadh sibh Maois, chreideadh sibh mise: oir scriobh esan a m' thimchioll.

47 Ach mur creid sibh a scriobhadhsan, cionnus a chreideas sibh mo bhriathrasa?

## C A I B. VI.

1 Tha Crìosd a' biadhadh cùig mìle fear le cùig builinnibh arain agus dà iasg: 15 Air an aobhar sin b'àill leis an t-sluagh esan a dheanamh 'na rìgh: 16 Ach air dhasan a sgaradh féin uatha, chaidh e suas gu beinn, agus dh'imich e air a' chuan dh'ionnsuidh a dheisciobul, &c.

N A dhéigh sin chaidh Iosa thar muir<sup>l</sup> Ghalile, no Thiberiais.

2 Agus lean sluagh mòr e, do bhrìgh gu'm fae iad a mhiorbhuilean a rinn e air an dream a bha euslan.

3 Agus chaidh Iosa suas air beinn, agus shuidh e an sin maille r'a dheisciobuibh.

4 Agus bha chàisg, féisd nan Iudhach, am fagus.

5 An sin an uair a thog Iosa suas a shùilean, agus a chunnaic e gu'n d'thainig buidheann mhòr shluaigh d'a ionnsuidh, a deir e ri Philip, Cia

<sup>e</sup> iomchuidh. <sup>f</sup> lasrach. <sup>g</sup> Tha sibh a' rannsachadh. <sup>h</sup> glòire. <sup>i</sup> as am  
<sup>k</sup> bheil sibh ag earbsadh. <sup>l</sup> fairge.



'n t-àit as an ceannaich sinn aran chum's gu'n ith iad so ?

6 (Ach thubhairt e so 'ga dhearbhadhsan; oir bha fhios aige féin ciod a dheanadh e.)

7 Fhreagair Philip e, Cha leoir dhoibh luach dhà cheud peghinn a dh'aran, chum's gu'n gabhadh gach aon diubh beagan.

8 Thubhairt aon d'a dheisciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoìn Pheadair, ris,

9 Tha òganach an so, aig am bheil cùig builinnean eòrna, agus dà iasg bheaga: ach ciod iad so am measg na h-uiread ?

10 Agus thubhairt Iosa, Thugaibh air na daoineibh suidhe sìos. A nis bha mòran feoir anns an àit. Air an aobhar sin shuidh na daoine sìos, an àireamh timchioll chùig mìle.

11 Agus ghlac Iosa na builinnean, agus air breith buidheachais da, roinn e [air na deisciobluibh iad, agus na deisciobuil] orra-san a shuidh: agus mar an ceudna do na h-iasgaibh beaga, mbeud 's a b'àill leo.

12 'N uair a shàsuicheadh iad, thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cruinnichibh am biadh briste ta thuilleadh ann, chum's nach caillear a bheag.

13 Air an aobhar sin chruinnich iad e r'a chéile, agus lìon iad dà chliabh dheug do sbruileach nan cùig builinn eòrna, a bha dh'fhuigheall aig a' mhuinntir a dh'ith.

14 An sin an uair a chunnaic na daoine sin am mìorbhuil a rinn Iosa, thubhairt iad, Gu fìrinneach is e so am fàidh a bha gu teachd chum an t-saoghail.

15 Uime sin an uair a thuig Iosa gu'n robh iad air tì<sup>m</sup> teachd agus breith air le làimh làidir, chum's gu'n deanadh iad rìgh dheth, dh'imich e ris do'n bheinn 'na aonar.

16 Agus an uair a thainig amfeasgar, chaidh a dheisciobuil sìos chum na mara.

17 Agus air dol an luing dhoibh, chaidh iad thar a' mhuir gu Capernaum: agus bha 'n dorchadas a nis ann, agus cha robh Iosa air teachd d'an ionnsuidh.

18 Agus ag séideadh do ghaoith mhòir, dh'éirich a' mhuir.

19 Uime sin an uair a rinn iad iomramh timchioll cùig no deich thar fhichead do stàidibh, chunnaic iad Iosa ag imeachd air a' mhuir, agus a' druideadh ris an luing, agus ghabh iad eagal.

20 Ach thubhairt esan riu, Is mise ta ann, na biodh eagal oirbh.

21 Uime sin ghabh iad gu toileach a steach do'n luing e: agus air ball ràinig an long an tìr gus an robh iad a' dol.

22 Air an là 'na dhéigh sin, an uair a chunnaic an sluagh a sheas air taobh eile na mara, nach robh long<sup>n</sup> eile an sin, ach an long sin anns an deachaidh a dheisciobuil a steach, agus nach deachaidh Iosa san luing maille r'a dheisciobluibh, ach gu'n d'fhalbh a dheisciobuil 'nan aonar;

23 (Gidheadh thainig longa beaga eile o Thiberias, làimh ris an àit san d'ith iad an t-aran, an déigh do'n Tighearn buidheachas a thoirt)

24 Uime sin an uair a chunnaic an sluagh nach robh Iosa an sin, no a dheisciobuil, chaidh iad féin mar an ceudna ann an longaibh, agus thainig iad gu Capernaum, ag iarraidh Iosa.

25 Agus air dhoibh fhaotainn air an taobh thall do'n mhuir, thubhairt iad ris, A mhaighstir, c'uin a thainig thu 'n so ?

26 Fhreagair Iosa iad agus thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, A ta sibh ga m' iarraidh, cha 'n ann a chionn gu'm faca sibh na mìorbhuilean, ach a chionn gu'n d'ith sibh do na builinnibh, agus gu'n do shàsuicheadh sibh.

27 Deanaibh saothair cha 'n ann air son a' bhìdh a theirgeas, ach air son a' bhìdh a mhaireas chum na beatha sìorruidh, a bheir Mac an duine dhuibh: oir esan sheulaich<sup>o</sup> Dia an t-Athair.

28 An sin thubhairt iad ris, Ciod a ni sinn, chum as gu'n oibrich sinn oibre Dhé ?

29 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Is i so obair Dhé, gu'n creid sibh anns an tì a chuir e uaith.

30 Uime sin thubhairt iad ris, Ciod an comhar a nì thusa ma ta, chum gu'm faic sinn, agus gu'n creid sinn thu? ciod an obair a nì thu?

31 Dh'ith ar n-aithriche mana san fhàsach; a réir mar a ta e scriobhta, Thug e dhoibh aran o nèamh r'a ith-eadh.

32 An sin thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, nach d'thug Maois dhuibh an t-aran o nèamh; ach a ta m'Athairse toirt dhuibh an arain fhìor o nèamh.

33 Oir is e sin aran Dhé a ta teachd a nuas o nèamh, agus a ta tabhairt beatha do'n t-saoghal.

34 An sin thubhairt iad ris, A Thighearn, tabhair dhuinne an t-aran so 'n còmhnuidh.

35 Agus thubhairt Iosa riu, Is mise aran na beatha: an ti a thig a m' ionnsuidhse, cha bhi oeras gu bràth air; agus an ti a chreideas annamsa, cha bhi tart gu bràth air.

36 Ach mar a thubhairt mi ribh, ge do chunnaic sibh mi, cha 'n'eil sibh a' creidsinn.

37 Gach nì a bheir an t-Athair dhomhsa, thig e a m' ionnsuidh; agus an ti a thig a m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e.

38 Oir thainig mi nuas o nèamh, cha 'n ann chum gu'n deanainn mo thoil féin, ach toil an ti a chuir uaith mi.

39 Agus is i so toil an Athar a chuir uaith mi, nach caillinn a bheag sam bith do'n uile a thug e dhomh, ach gu'n togainn suas e ris air an là dheireannach.

40 Agus is i so toil an ti a chuir uaith mi, gu'm biodh a' bheatha mhaireannach aig gach neach a chi an Mac, agus a chreideas ann: agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.

41 An sin rinn na h-Iudhaich gearan uime, a chionn gu'n dubhairt e, Is mise an t-aran a thainig a nuas o nèamh.

42 Agus thubhairt iad, Nach e so Iosa mac Ioseiph, neach aig an aithne dhuinn athair agus a mhàthair?

cionnus ma seadh a deir e, Thainig mi nuas o nèamh?

43 Air an aobhar sin fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Na deanaibh gearan 'nar measg féin.

44 Cha'n urradh neach air bith teachd a m' ionnsuidhse, mur tarruing an t-Athair a chuir uaith mise e: agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.

45 Tha e scriobhta sna fàidhibh, Agus bithidh iad uile air an teagasg o Dhia. Gach<sup>p</sup> neach a chuala, agus a dh'fhòghluim o'n Athair, thig e m' ionnsuidhse.

46 Cha 'n e gu'm faca neach sam bith an t-Athair, ach an ti a ta o Dhia; chunnaic esan an t-Athair.

47 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti a ta creidsinn annamsa, tha bheatha mhaireannach aige.

48 Is mise aran na beatha.

49 Dh'ith bhur n-aithriche mana san fhàsach, agus fhuair iad bàs.

50 Is e so an t-aran a tha teachd a nuas o nèamh, chum as gun ith neach dheth, agus nach faigh e bàs.

51 Is mise an t-aran beo, a thainig a nuas o nèamh: ma dh'itheas neach air bith do'n aran so, bithidh e beo gu sìorruidh: agus an t-aran a bheir mise uam, is e m'fheoil e, a bheir mi air son beatha an t-saoghail.

52 Air an aobhar sin bha conn-sachadh<sup>r</sup> aig na h-Iudhaich r'a chéile, ag ràdh, Cionnus a dh'fheudas an duine so fheoil a thoirt duinn r'a ith-eadh?

53 An sin thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, mur ith sibh feoil! Mhic an duine, agus mur òl sibh fhuil, cha 'n'eil beatha agaibh annaibh.

54 Esan a dh'itheas m' fheoilse, agus a dh'òlas m' fhuilse, a ta a' bheatha sìorruidh aige, agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.

55 Oir is biadh gu fìrinneach m' fheoil, agus is deoch gu fìrinneach m' fhuil.

56 Esan a dh'itheas m' fheoilse, agus a dh'òlas m' fhuilse, tha e gabhail còmhnuidh annamsa, agus mise annsan.

<sup>p</sup> [Uime sin] gach.

<sup>r</sup> dcashoireachd, tagradh.



57 Mar a ta'n t-Athair beo a chuir uaith mise<sup>s</sup>, agus ataimse beo tre<sup>t</sup> 'n Athair; is amhuil sin esan a dh'itheas mise, bithidh e mar an ceudna beo triomsa<sup>u</sup>.

58 Is e so an t-aran sin a thainig a nuas o nèamh; cha 'n e mar a dh'ith bhur n-aithriche mana, agus fhuair iad bàs: esan a dh'itheas an t-aran so, bithidh e beo am feasd.

59 Thubhairt e na nithe so anns an t-sionagog, an uair a bha e a' teagasg an Capernaum.

60 Uime sin air cluinntinn so do mhòran d'a dheisciobluibh, thubhairt iad, Is cruaidh a' chainnt so, cò a dh'fheudas éisdeachd rithe?

61 'N uair a thuig Iosa ann féin gu'n robh a dheisciobuil ri gearan uime so, thubhairt e riu, Am bheil so a' toirt oilbheim dhuibh?

62 Agus *cìod* nam faiceadh sibh Mac an duine a' dol suas do'n àit anns an robh e roimhe?

63 'S e 'n Spiorad a bheothaicheas, cha 'n 'eil tairbhe air bith san fheoil: na briathran a tha mise a' labhairt ribh, is spiorad agus is beatha *iad*.

64 Ach a ta cuid dibhse nach 'eil a' creidsinn. (Oir b'aithne do Iosa o thùs, cò iad nach robh a' creidsinn, agus cò an ti a bhrathadh e.)

65 Agus thubhairt e, Air an aobhar sin thubhairt mi ribh, nach wradh neach air bith teachd a m' ionnsuidh, mur bi e air a thoirt da o m' Athair.

66 O'n àm sin chaidh mòran d'a dheisciobluibh air an ais, agus cha d'imich iad ni's mò maille ris.

67 An sin thubhairt Iosa ris an dà fhear dheug, An àill libhse falbh cuideachd.

68 An sin fhreagair Simon Peadar e, A Thighearn, cia dh'ionnsuidh an d'théid sinn? agadsa tha briathra na beatha maireannaich.

69 Agus a ta sinne a' creidsinn, agus a ta fhios againn gur tusa Criosd<sup>a</sup> Mac an Dé bheo.

70 Fhreagair Iosa iad, Nach do thagh mise sibhse dà fhear dheug, agus a ta fear agaibh 'na dhiabhol?

71 Ach labhair e mu Iudas Iscariot, *mac' Shimoin*: oir is e so an ti a bha gu esan a bhrath, air dha bhi 'na aon do'n dà fhear dheug.

## C A I B. VII.

1 *Tha Iosa a' cronachadh àrd inntinn agus dànadais a chairdean, 10 a' dol suas o Ghalile gu féisd nam pàilliuin, 14 a' teagasg anns an teampull. 40 Iomadh gnè bharaill m'a thimchioll am measg an t-shuaigh, &c.*

**A** GUS an déigh nan nithe sin, bha Iosa ag imeachd mu'n cuairt ann an Galile: oir cha b'àill leis a bhi 'g imeachd<sup>b</sup> ann an Iudea, a chionn gu'n robh na h-Iudhaich ag iarraidh a mharbhadh.

2 Agus bha féisd nan Iudhach, eadhon féisd nam pàilliuin, am fagus.

3 Uime sin thubhairt a bhràithre ris, Imich as so agus rach<sup>c</sup> do Iudea, chum as gu faic do dheisciobuil mar an ceudna t' oibre a tha thu a' deanamh.

4 Oir cha dean neach air bith aon ni am folach, a dh'iarras e féin a bhi am follus<sup>d</sup>: ma ta thu a' deanamh nan nithe so, nochd thu féin do'n t-saoghal.

5 Oir cha do chreid a bhràithre féin ann.

6 An sin thubhairt Iosa riu, Cha d'thainig m' àmsa fathast; ach a ta bhur n-àmsa ghnàth deas.

7 Cha 'n'eil e 'n comas do'n t-saoghal sibhse fhuathachadh; ach fuathaichidh e mise, do bhrìgh gu bheil mi toirt fianuis m'a thimchioll gu bheil oibre olc.

8 Rachaihbse suas chum na féisde so: cha d'théid mise suas fathast chum na féisde so, do bhrìgh nach 'eil m'am fathast air a choimhlionadh.

9 'Nuair thubhairt e na nithe so riu, dh'fhan e an Galile.

10 Ach an uair a chaidh a bhràithre suas, an sin chaidh esan suas mar an ceudna chum na féisde, cha 'n ann os àird, ach mar gu b'ann os ìosal.

<sup>s</sup> Mar a chuir an t-Athair beo uaith mise. <sup>t</sup> troimh. <sup>u</sup> tromham.

<sup>a</sup> an Criosd, am Mesias. <sup>b</sup> comhnuidh a ghabhail. <sup>c</sup> theirig.

<sup>d</sup> bhi iomraideach.

11 An sin dh'iarr na h-Iudhaich e air an fhèisd, agus thubhairt iad, C'ait am bheil e?

12 Agus bha borbhan<sup>e</sup> mòr am measg an t-sluaigh m'a thimchioll: oir thubhairt cuid, Is duine maith e: ach thubhairt cuid eile, Ni h-eadh; ach a ta e mealladh an t-sluaigh.

13 Gidheadh cha do labhair neach sam bith gu follaiseach uime, air eag-al nan Iudhach.

14 A nis mu mheadhon na féisde, chaidh Iosa suas do'n teampull, agus theagaisg e.

15 Agus ghabh na h-Iudhaich iongantas, ag ràdh, Cionnus is aithne do'n duine so litrichean, agus nach d'fhòghluim e.

16 Fhreagair Iosa iad, agus thubhairt e, Cha leam féin mo theagasg, ach leisean a chuir uaith mi.

17 Ma's àill le neach sam bith a thoilasn a dheanamh, bithidh fios aige mu'n teagasg, an ann o Dhia a ta e, no 'm bheil mise a labhairt uam féin.

18 An ti a labhras uaith féin, tha e 'g iarraidh a ghloire féin: ach ge b'e dh'iarras glòir an ti a chuir uaith e, tha esan fìrinneach, agus cha 'n 'eil eucoir f air bith ann.

19 Nach d'thug Maois an lagh dhuibh, agus *gidheadh* cha 'n'eil aon neach agaibh a' coimhlionadh an lagha? C'ar son a ta sibh ag iarraidh mise a mharbhadh?

20 Fhreagair an sluagh agus thubhairt iad, Tha deamhan agad: cò tha 'g iarraidh do mharbhadh?

21 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Rinn mise aon obair, agus a ta iongantas oirbh uile air an aobhar sin.

22 Thug Maois dhuibh an timchioll-ghearradh, (cha'n e gur ann o Mhaois a ta e, ach o na h-aithrichibh) agus timchioll-ghearradh sibhse duine air an t-sàbaid.

23 Ma tha duine air air an t-sàbaid a' gabhail timchioll-ghearradh, chum's nach bi lagh Mhaois air a bhriseadh; am bheil fearg agaibh riumsa, a chionn gu'n d'rinn mi duine uile slàn air an t-sàbaid?

24 Na tugaibh breth a réir coslais, ach thugaibh breth cheart.

25 An sin thubhairt cuid do mhuinntir Ierusalem, Nach e so esan a tha iad ag iarraidh a mharbhadh?

26 Agus feuch, tha e labhairt os àird, agus cha 'n'eil iad ag ràdh ni sam bith ris: am bheil dearbh fhios aig na h-uachdarain gur e so da rir-eadh Criosd?

27 Gidheadh is aithne dhuinn an duine so cia as da: ach an uair a thig Criosd, cha 'n aithne do neach air bith cia as da.

28 An sin ghlaodh Iosa san teampull, agus e a' teagasg, ag ràdh, Is aithne<sup>s</sup> dhuibh araon mise, agus cia as domh: agus cha d'thainig mi uam féin, ach a ta esan fìor a chuir uaith mi, air nach 'eil eòlas agaibhse.

29 Ach a ta eòlas agams' air, oir is ann uaith a ta mi, agus chuir esan uaith mi.

30 An sin dh'iarr iad a ghlacadh: ach cha do chuir neach air bith làmh ann, a chionn nach robh uairsan fathast air teachd.

31 Agus chreid mòran do'n t-sluagh air, agus thubhairt iad, 'Nuair a thig Criosd, an dean e ni's mò do mhòrbhuilibh na iad sin a rinn an duine so?

32 Chuala na Phairisich gu'n robh an sluagh a' borbhanaich nan nithe so m'a thimchioll: agus chuir na Phairisich agus na h-àrd shagairt maor g'a ghlacadh.

33 An sin thubhairt Iosa h, Fathast tamull beag tha mise maille ribh, agus an sin a ta mi dol chum an ti a chuir uaith mi.

34 Iarraidh sibh mi, agus cha'n fhaigh sibh mi: agus do'n àit am bi mi, cha'n urradh sibhse teachd.

35 An sin thubhairt na h-Iudhaich eatorra féin, C'ait an d'théid am fear so, nach fhaigh sinn e? an d'théid e chum na muinntir a ta air an sgapadh am measg nan Greugach, agus an teagaisg e na Greugaich?

36 Ciod i a' chainnt so a thubhairt e, Iarraidh sibh mi, agus cha'n fhaigh sibh mi: agus do'n àit am bheil mise, cha'n urradh sibhse teachd?

37 Air an là dheireannach, là mòr sin na féisde, sheas Iosa agus ghlaodh



e, ag ràdh, Ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e m'ionnsuidhse, agus òladh e.

38 An ti a chreideas annamsa, mar a deir an scriobtuir, sruthaidh as a bhroinn i aimhnichean do uisge beo.

39 (Ach labhair e so mu 'n Spiorad, a bha iadsan a chreideadh annsan gu fhaghail: oir cha robh an Spiorad fathast air a thabhairt, do bhrìgh nach robh Iosa fathast air a ghlòrachadh.)

40 Uime sin an uair a chuala mòran do'n t-sluagh a' chiannt so, thubhairt iad, Gu fìrinneach is e so am fàidh.

41 Thubhairt cuid eile, 'S e so Crìosd. Ach thubhairt dream eile, An ann o Ghalile a thig Crìosd?

42 Nach dubhairt an scriobtuir, Gu'n d'thig Crìosd do shìol Dhaibhidh, agus a Bètlehem, am baile an robh Daibhidh?

43 Air an aobhar sin dh'éirich eas-aonachd<sup>m</sup> am measg an t-sluaigh air a shonsan.

44 Agus b'àill le cuid diubh a ghlacadh; ach cha do chuir duin' air bith làmh ann.

45 An sin thainig na maoir chum nan àrd shagart agus nam Phairisich; agus thubhairt iadsan riu, C'ar son nach d'thug sibh libh e?

46 Fhreagair na maoir, Cha do labhair duine riamh mar an duine so.

47 An sin fhreagair na Phairisich iad, Am bheil sibhse mar an ceudna air bhrù mealladh?

48 An do chreid aon air bith do na h-uachdarain ann, no do na Phairisich?

49 Ach an sluagh so aig nach 'eil eòlas an lagha, tha iad malluichte.

50 A deir Nicodemus riu, (esan a thainig d'a ionnsuidh san oidhche, air dha bhi 'na aon diubh,)

51 Am bheil ar laghne toirt breth air duine sam bith gus an cluinn e uath fèin an toiseach, agus gus am bi fhios aige ciod a tha e a' deanamh?

52 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad ris, Am bheil thusa mar an ceudna o Ghalile? Rannsaich, agus faic: oir a Galile cha d'éirich fàidh<sup>n</sup>.

53 Agus dh'imich gach aon d'a thigh fèin.

### C A I B. VIII.

1 Tha Crìosd a' toirt na mnà a ghlacadh an adhaltrannas as saor: 12 a' searmonachadh gur e fèin solus an t-saoghail, agus a' dhearbhadh gu bheil a theagasg ceart; &c.

A CH chaidh Iosa chum sléibh nan crann-ola:

2 Agus gu moch air mhaduinn thainig e ris do'n teampull, agus thainig an sluagh uile d'a ionnsuidh; agus air suidhe dha, theagaisg e iad.

3 Agus thug na scriobhuichean agus na Phairisich bean d'a ionnsuidh a ghlacadh an adhaltrannas; agus air dhoibh a cur anns a' mheadhon,

4 A deir iad ris, A mhaighstir, ghlacadh a' bhean so anns a' ghnìomh fèin, a' deanamh adhaltrannais.

5 A nis dh'àithn Maois dhuinn san lagh, an leithide so a chlachadh: ciod ma seadh a deir thusa?

6 Thubhairt iad so 'ga dhearbhadh<sup>o</sup>, chum gu'm biodh aca cùis-chasaid 'na aghaidh. Ach chrom Iosa sìos, agus scriobh e le mheur air an làr, (mar nach biodh e 'gan cluinn-tinn.)

7 Mar sin air dhoibh buanachadh a' feòraich dheth, thog se e fèin suas agus thubhairt e riu, An neach a ta gun pheacadh agaibhse, tilgeadh e cheud chlach oirre.

8 Agus chrom e sìos a ris, agus scriobh e air an làr.

9 Agus an uair a chual iadsan so, (air dhoibh bhi air an agairt le'n coguis<sup>p</sup> fèin) chaidh iad a mach an déigh a chéile, a' tòiseachadh aig an dream bu shine, gus an dream mu dheireadh: agus dh'fhàgadh 'na aonar Iosa, agus a' bhean 'na seasamh sa' mheadhon.

10 Agus air éirigh suas do Iosa,

i a chom, a chliabh. 1 Spiorad nàomh. <sup>m</sup> roinn, connsachadh.

<sup>n</sup> Rannsaich agus faic nach éirich fàidh a' Galile.

<sup>o</sup> 'ga fheuchainn, 'ga bhuaireadh. <sup>p</sup> coimh-fhios, coimsiens.

nuair nach fac e aon air bith ach a' bhean, thubhairt e rithe. A bhean, c'ait am bheil iad sud do luchd-casaid? an do dhìt duin' air bith thu?

11 Thubhairt ise, Cha do dhìt aon duine, a Thighearn. Agus thubhairt Iosa rithe, Cha mhò a tha mise ga d' dhìtheadh: imich romhad, agus na peacuich ni's mò.

12 An sin labhair Iosa riu a rìs, ag ràdh, Is mise solus an t-saoghail: an ti a leanas mise, cha siubhail e an dorchadas, ach bithidh solus na beatha aige.

13 Uime sin thubhairt na Phairisich ris, Tha thu toirt fianuis a d' thimchioll féin; cha 'n'eil t-fhianuis fìor.

14 Fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Ge do tha mi toirt fianuis a m' thimchioll féin, gidheadh a ta m' fhianuis fìor: oir a ta fhios agam cia as a thainig mi, agus c'ait am bheil mi dol; ach cha 'n'eil fhios agaibhse cia as a thainig mi, no c'ait am bheil mi dol.

15 Tha sibhs' a' toirt breth a réir na feòla, cha 'n'eil mise a' toirt breth air aon duine.

16 Agus ma bheir mise breth, tha mo bhreth fìrinneach: oir cha 'n'eil mi m'aonar, ach mise agus an t-Athair a chuir uaith mi.

17 Agus a ta e sgrìobhta ann bhur lagh féin, gu bheil fianuis dithis dhaoine fìor.

18 Is aon mise a ta deanamh fianuis a m' thimchioll féin, agus a ta 'n t-Athair a chuir uaith mi, a' deanamh fianuis a m' thimchioll.

19 An sin thubhairt iad ris, C'ait am bheil t-Athair? Fhreagair Iosa, Cha 'n aithne dhuibhs' aon chuid mise no m' Athair: nam biodh eòlas agaibh ormsa, bhiodh eòlas agaibh air m' Athair mar an ceudna.

20 Labhair Iosa na briathra so an tigh-coimhead an ionmhais, ag teagasg dha sin teampull: agus cha do chuir duin' air bith làmh ann, oir cha robh uair fathast air teachd.

21 An sin thubhairt Iosa riu a rìs, Tha mise a' falbh, agus iarraidh sibh mi, agus bàsaichidh sibh ann bhur

peacadh: cha 'n urradh sibhse teachd do'n àit am bheil mise a' dol.

22 An sin thubhairt na h-Iudhaich, Am marbh se e féin? do bhrìgh gu bheil e 'g ràdh, Far am bheil mis' a' dol, cha 'n urradh sibhse teachd.

23 Agus thubhairt e riu, Tha sibhse o shìos, tha mise o shuas: tha sibhse do'n t-saoghal so, cha 'n'eil mise do'n t-saoghal so.

24 Uime sin thubhairt mi ribh, Gu'm bàsaich sibh ann bhur peacaibh: oir mur creid sibh gur mise e, gheibh sibh bàs ann bhur peacaibh.

25 An sin thubhairt iad ris, Cò thusa? Agus thubhairt Iosa riu, *An neach* sin féin a thubhairt-mi ribh o thùs.

26 Tha mòran agam ri ràdh, agus r'a bhreithneachadh m'ar timchiollsa: ach a ta 'n ti a chuir uaith mi fìrinneach; agus a ta mise a' labhairt ris an t-saoghal nan nithe a chuala mi uaithsan.

27 Cha do thùig iad gu'm b'ann mu thimchioll an Athar a labhair e riu.

28 An sin thubhairt Iosa riu, 'Nuair a thogas sibh suas Mac an duine, an sin bithidh fios agaibh gur mise e<sup>r</sup>, agus nach 'eil mi deanamh ni sam bith uam féin; ach mar a theagaisg m' Athair mi, gu bheil mi labhairt nan nithe so.

29 Agus tha 'n ti a chuir uaith mi maille rium: cha d'fhàg an t-Athair a'm' aonar mi, do bhrìgh gu bheil mi deanamh a ghnàth nan nithe sin a's taitneach leis.

30 An uair a bha e labhairt nan nithe so, chreid mòran ann.

31 An sin thubhairt Iosa ris na h-Iudhachaibh a chreid ann, Ma bhunaicheas sibh ann am fhocalsa, bithidh sibh da rìreadh 'nar deisciobuil agam;

32 Agus bithidh eòlas agaibh air an fhìrinn, agus ni'n fhìrinn saor sibh.

33 Fhreagair iad e, Is sinne sliochd Abrahaim, agus cha robh sinn riamh fuidh dhaorsa aig duine sam bith: cionnus a deir thusa, Bithidh sibh saor?



34 Fhreagair Iosa iad, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, ge b'e ni peacadh, is seirbhiseach do'n pheacadh e.

35 Agus cha'n fhan an seirbhiseach san tigh gu bràth: *ach* fanaidh am mac gu bràth.

36 Uime sin ma ni am Mac saor sibh, bithidh sibh saor da rìreadh.

37 Tha fhios agam gur sibh sliochd Abraham; ach a ta sibh ag iarraidh mis' a mharbhadh, do bhrìgh nach 'eil àit aig m' fhocal annaibh.

38 Tha mise a' labhairt an ni sin a chunnaic mi aig m' Athair: agus tha sibhse a' deanamh an ni a chunnaic sibh aig bhur n-athair féin.

39 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad ris, 'Se Abraham ar n-athairne. A deir Iosa riu, Nam bu chlann do Abraham sibh, dheanadh sibh oibre Abraham.

40 Ach a nis tha sibh ag iarraidh mise a mharbhadh, duine a dh'innis duibh an fhìrinn, a chuala mi o Dhia: cha d'rinn, Abraham so.

41 Tha sibhse a' deanamh oibre bhur n-athar féin. An sin thubhairt iad ris, Cha d'rugadh an striopachas sinne; tha aon Athair againn, *eadhon* Dia.

42 An sin thubhairt Iosa riu, Nam b'e Dia bhur n-Athair, ghràdhaicheadh sibh mise: oir chaidh mise mach, agus thainig mi o Dhia; agus cha d'thainig mi uam féin, ach chuir esan uaith mi.

43 C'ar son nach 'eil sibh a' tuigsinn mo chòmhradh? do bhrìgh nach urradh sibh éisdeachd ri m' fhocal.

44 Tha sibhse o bhur n-athair an diabol, agus is iad anamhianna bhur n-athar is toil libh a dheanamh: bha esan 'na mhortair<sup>s</sup> o thùs, agus cha d'fhan e san fhìrinn, a chionn nach 'eil fìrinn ann. 'Nuair a labhras e breug, is ann uaith féin a ta e labhairt: oir is breugoire e, agus is e athair na bréige.

45 Agus do bhrìgh gu bheil mise 'g innseadh na fìrinn, cha 'n'eil sibh ga m' chreidsinn.

46 Cò agaibhse chuireas peacadh as mo lethse? agus ma ta mi 'g inn-

seadh na fìrinn, c'ar son nach 'eil sibh ga m' chreidsinn?

47 An ti a ta o Dhia, éisdidh e ri briathraibh Dhé: uime sin cha 'n'eil sibhse 'g éisdeachd, a chionn nach ann o Dhia a ta sibh.

48 An sin fhreagair na h-Iudhaich, agus thubhairt iad ris, Nach maith a deir sinn gur Samaritanach thu, agus gu bheil deamhan agad?

49 Fhreagair Iosa, Cha 'n'eil deamhan agam; ach a ta mi toirt urraim do m' Athair, agus a ta sibhse toirt easurraim dhomhsa.

50 Agus cha 'n'eil mi 'g iarraidh mo ghloire féin: tha neach a ta 'g iarraidh agus a' toirt breth.

51 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Ma choimhideas neach m' fhocalsa, cha'n fhaic e bàs am feasd.

52 An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, A nis tha fhios againn gu bheil deamhan agad. Fhuair Abraham bàs, agus na fàidhean; gidheadh a deir thusa, Ma choimhideas duine m'fhocalsa, cha bhlais e bàs am feasd.

53 Am mò thusa na ar n-athair Abraham, a fhuair bàs? agus fhuair na fàidhean bàs: cò a tha thu deanamh dhìot féin?

54 Fhreagair Iosa, Ma ta mi toirt glòire dhomh féin, cha 'n'eil ach neoni a'm' ghlòir: 's e m' Athair a ta toirt glòire dhomh, neach a deir sibhse gur e bhur Dia e:

55 Gidheadh cha do ghabh sibh eòlas air; ach a ta eòlas agams' air: agus nan abrainn, Nach aithne dhomh e, bhithinn cosmhuil ribhse a'm' bhreugoire: ach is aithne dhomh e, agus a ta mi coimhead<sup>t</sup> fhocail.

56 Bha déidh<sup>u</sup> mhòr aig Abraham bhur n-athairse air mo là-sa fhaicinn: agus chunnaic se e, agus rinn e gairdeachas.

57 An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, Cha 'n'eil thu fathast leth-cheud bliadhna dh'aois, agus am faca tu Abraham?

58 Thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Mun robh Abraham ann, ATAIMSE.

59 An sin thog iadsan clachan chum an tilgeadh air: ach dh'fhol-

<sup>s</sup> 'na fhear-millidh dhaoine. <sup>t</sup> gleidheadh. <sup>u</sup> togradh, gairdeachas.

aich Iosa e féin, agus chaidh e mach as an teampull, a' dol tre am meadhon, [agus mar sin chaidh e seachad.]

## C A I B. IX.

1 Tha a radharc air aiseag do'n duine a rugadh dall : 15 Tha e air a thoirt chum nam Phairiseach : 15 Tha iad a' gabhail corruich ris, agus 'ga thilgeadh mach as an t-sionagag ; 35 ach a ta Criosd a' gabhail ris. &c.

**A** GUS ag gabhail seachad do Iosa, chunnaic e duine a bha dall o rugadh e.

2 Agus dh'fheòraich a dheisciobuil deth, ag ràdh, A mhaighstir, cò a pheacaich, an duine so, no a phàrantan, gu'n d'rugadh dall e ?

3 Fhreagair Iosa, Cha do pheacaich aon chuid an duine so, no a phàrantan : ach a chum gu'm foill-sichte oibre Dhé ann.

4 Is éigin domhsa oibre an ti a chuir uaith mi a dheanamh, am feadh is là e : tha 'n oidheche a' teachd, 'nuair nach urrainn aon duine obair a dheanamh.

5 Am feadh a ta mise san t-saogh-al, is mi solus an t-saoghail.

6 'Nuair a thubhairt e na nithe so, chuir e sìle air an talamh, agus rinn e criadh<sup>a</sup> do'n t-sìle, agus sgaoil e a' chriadh air shùilbh an doill,

7 Agus thubhairt e ris, Imich, ionnlaid ann an lochan Shiloaim ('se sin air cadar-theangachadh, Air a chur.) Uime sin dh'imich e, agus dh'ionnlaid e, agus thainig e a' faicinn.

8 Uime sin thubhairt na coimhearsnaich, agus iadsan a chunnaic dall e roimhe sin, Nach e so esan a bha 'na shuidhe 'g iarraidh na déirce ?

9 Thubhairt cuid, Is e so e ; cuid eile, Tha e cosmhuil ris : thubhairt e féin, Is mise e.

10 Air an aobhar sin thubhairt iad ris, Cionnus a dh'fhosgladh do shùil-ean ?

11 Fhreagair esan agus thubhairt e, Rinn duine d'an ainm Iosa criadh, agus sgaoil e air mo shùilbh i, agus

thubhairt e rium, Imich gu lochan Shiloaim, agus ionnlaid : agus dh'imich mi agus dh'ionnlaid mi, agus fhuair mi mo radharc.

12 An sin thubhairt iad ris, C'ait am bheil e ? Thubhairt esan, Cha'n aithne dhomh.

13 Thug iad chum nam Phairiseach esan a bha roimhe dall.

14 Agus b'i an t-sàbaid a bha ann an uair a rinn Iosa a' chriadh, agus a dh'fhosgail e shùilean.

15 An sin a ris dh'fheòraich na Phairisich dheth mar an ceudna cionnus a fhuair e a radharc. Agus thubhairt esan riu, Chuir e criadh air mo shùilbh, agus dh'ionnlaid mi, agus tha mi a' faicinn.

16 Uime sin thubhairt cuid do na Phairisich, Cha 'n'eil an duine so o Dhia, do bhrìgh nach 'eil e gleidheadh na sàbaid. Thubhairt cuid eile, Cionnus a dh'fheudas duine a ta 'na pheacach, an leithide so do mhìorbhuilbh a dheanamh ? Agus bha eas-aonachd b' nam measg.

17 A deir iad a ris ris an duine dhall, Ciod a deir tu uime, thaobh gu'n dh'fhosgail e do shùilean ? Agus thubhairt esan, Is fàidh e.

18 Ach cha do chreid na h-Iudhaich m'a thimchioll, gu'n robh e dall, agus gu'n d'fhuair e a radharc, gus an do ghairm iad pàrantan an ti a fhuair a radharc.

19 Agus dh'fheòraich iad dhiubh, ag ràdh, An e so bhuir macsa, a deir sibh a rugadh dall ? cionnus ma seadh a ta e nis a' faicinn ?

20 Fhreagair a phàrantan iad agus thubhairt iad, Tha fhios againn gur e so ar mac, agus gu'n do' rugadh dall e :

21 Ach cionnus a ta e nis a' faicinn, cha 'n'eil fhios againn ; no cò a dh'fhosgail a shùilean, cha'n aithne dhuinn : tha e féin air teachd gu aois, feòraichibh dheth, labhraidh e air a shon féin.

22 Thubhairt a phàrantan na briathra so, a chionn gu robh eagal nan Iudhaich orra : oir shuidhich na h-Iudhaich a cheana eatorra féin, Nan aidicheadh duine sam bith gu'm



b'esan Criosd, gu'n rachadh a chur as an t-sionagog.

23 Air an aobhar sin thubhairt a phàranta, Tha e air teachd gu aois, fèòraichibh dheth féin.

24 Air an aobhar sin ghairm iad an dara uair an duine a bha dall, agus thubhairt iad ris, Thoir glòir do Dhia: tha fhios againne gur peacach an duine so.

25 An sin fhreagair esan agus thubhairt e, Am peacach e ni h-aithne dhomh: air aon ni tha fhios agam, air dhomh bhi dall, gu bheil mi nis a' faicinn.

26 Ach thubhairt iad ris a ris, Ciod a rinn e dhuit? cionnus a dh'fhosgail e do shùilean?

27 Fhreagair e iad, Dh'innis mi dhuibh a cheana, agus cha d'éisid sibh; c'ar son a b'aill libh a chluinntinn a ris? a bheil a' mbiann oirbhse bhi 'nar deisciobuil aige mar an ceudna?

28 An sin chàin iad e, agus thubhairt iad, Is tusa a dheisciobul; ach is sinne deisciobuil Mhaois.

29 Tha fhios againn gu'n do labhair Dia ri Maois: ach mu thimchioll an fhir so, cha 'n'eil fhios againn cia as da.

30 Fhreagair an duine agus thubhairt e riu, An so tha ni iongantach, nach 'eil fhios agaibh cia as da, agus gu'n d'fhosgail e mo shùilean;

31 Ach a ta fhios againn nach éisd Dia ri peacachaibh: ach ma ta neach air bith 'na fhear-aoraidh do Dhia, agus a' deanamh a thoile, ris-san éisdidh e.

32 O thoiseach an t-saoghail cha chualas gu'n d'fhosgail aon neach sùilean duine a rugadh dall.

33 Mur biodh an duine so o Dhia, cha b'urrainn e ni sam bith a dheanamh.

34 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad ris, Rugadh thusa uile ann am peacaibh, agus am bheil thu 'gar teagasgne? agus thilg iad a mach e.

35 Chual Iosa gu'n do thilg iad a mach e; agus air dha fhaotainn, thubhairt e ris, Am bheil thu creidsinn ann am Mac Dhé?

36 Fhreagair esan agus thubhairt e, Cò e, a Thighearn, chum gu'n creid mi ann?

37 Agus thubhairt Iosa ris, Chunn-aic thu araon e, agus an ti a ta labhairt riut, is esan e.

38 Agus thubhairt esan, Tha mi creidsinn, a Thighearn. Agus rinn e aoradh dha.

39 Agus thubhairt Iosa, Is ann chum breitheanais a thainig mise chum an t-saoghail so, chum iadsan nach 'eil a' faicinn, gu'm faiceadh iad; agus gu'm biodh iadsan a ta faicinn, air an deanamh dall.

40 Agus chuala cuid do na Phairisich, a bha maille ris na nithe so, agus thubhairt iad ris, Am bheil sinne dall mar an ceudna?

41 Thubhairt Iosa riu, Nam bith-eadh sibh dall, cha bhiodh peacadh agaibh: ach a nis a deir sibh, Is léir dhuinn; uime sin tha bhur peacadh a' fantuinn.

#### C A I B. X.

1 'S e Criosd an dorus agus an deadh bhuachaille. 19 Iomadh gnè bhar-aile m'a thimchioll. 24 Tha e dearbhadh le oibribh gur e féin Criosd Mac Dhé, 39 a' dol as o na h-Iudhachaibh, 40 agus a' dol do'n taobh thall do Iordan, far an do chreid mòran ann.

**G**U deimhin deimhin a deirim ribh, An ti nach d'théid a stigh tre'n dorus do chrò nan caorach, ach a théid suas air sheòl eile, is gaduiche, agus fear-reubainn esan.

2 Ach an ti a théid a steach air an dorus, is esan buachaille nan caorach.

3 Dhasan fosglaidh an dorsair; agus éisdidh na caoraich r'a ghuth: agus gairmidh e a chaoraich féin air an ainm, agus treòraichidh e mach iad.

4 Agus an uair a chuireas e mach a chaoraich féin, imichidh e rompa, agus leanaidh na caoraich e: oir is aithne dhoibh a ghuth.

5 Agus cha lean iad coigreach, ach teichidh iad uaith, do bhrìgh nach aithne dhoibh guth choigreach.

6 An cosamhlachd so labhair Iosa riu: ach cha do thuig iadsan ciod iad na nithean a labhair e riu.

7 An sin thubhairt Iosa riu a ris, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, gur mise dorus nan caorach.

8 Iadsan uile a thainig romhamsa,

is gaduichean agus luchd-reubainn iad : ach cha d'éisd na caoraich riu.

9 Is mise an dorus : ma théid neach air bith steach triomsa, tearnar e, agus théid e steach agus a mach, agus gheibh e ionaltradh.

10 Cha d'thig an gaduiche ach a ghoid, agus a mharbhadh, agus a mhillleadh : thainig mise chum's gu'm biodh beatha aca, agus gu'm biodh i aca ni's pailte.

11 Is mise am buachaille maith : leigidh<sup>c</sup> am buachailled<sup>d</sup> maith anam sìos air son nan caorach.

12 Ach am fear-tuasdail, agus an ti nach e am buachaille, agus nach leis féin na caoraich, chi e am madadh-alluidh a' teachd, agus fàgaidh e na caoraich, agus teichidh e : agus glacadh am madadh-alluidh iad, agus sgapaiddh e na caoraich.

13 Ach teichidh am fear-tuasdail, a chionn gur fear-tuasdail e, agus nach 'eil suim aige do na caoraich.

14 Is mise am buachaille maith, agus is aithne dhomh mo chaoraich féin, agus aithnichear le m' chaoraich féin mi.

15 Mar is aithne do'n Athair mise, agus is aithne dhomhsa an t-Athair : agus a ta mi leigeadh m'anama sìos air son nan caorach.

16 Agus a ta caoraich eile agam, nach 'eil do'n chrò so : is éigin domh iad sin mar an ceudna thoirt a stigh, agus éisdidh iad ri m' ghuth ; agus bithidh aon treud ann, agus aon bhuachaille.

17 Air an aobhar so is ionmhuinne<sup>e</sup> leis an Athair mise, air son gu'n leig mi sìos m'anam, chum's gu'n glac mi e ris.

18 Cha 'n'eil neach air bith 'ga thoirt uam, ach a ta mi 'ga leigeadh sìos uam féin : tha cumhachd agam a leigeadh sìos, agus tha cumhachd agam a ghlacadh a ris. An àithne so fhuair mi o m' Athair.

19 Air an aobhar sin dh'éirich eas-aonachd a ris am measg nan Iudhach air son nam briathar so.

20 Agus thubhairt mòran diubh, Tha deamhan aige, agus tha e air

boilef ; c'ar son a tha sibh ag éisd-eachd ris ?

21 Thubhairt cuid eile, Cha'n iad so briathra duine am bheil deamhan ; am bheil deamhan comasach air sùile nan dall fhosgladh ?

22 Agus bha féisd-chuimhne an ath-choisreagaidh<sup>g</sup> ann an Ierusalem, agus b'e 'n geambradh a bha ann.

23 Agus bha Iosa a sràid-imeachd san teampull ann an sgàth-thigh<sup>h</sup> Sholaimh.

24 An sin chruinnich na h-Iudhaich mu thimchioll, agus thubhairt iad ris, Cia fhad a chumas tu ar n-anama an amharus ? ma's tu Criosd, innis dhuinn gu follaiseach.

25 Fhreagair Iosa iad, Dh'innis mi dhuibh, agus cha do chreid sibh : na h-oibre a ta mi deanamh an ainm m'Athar, tha iad sin a' toirt fianuis mu m' thimchioll.

26 Ach cha 'n'eil sibhse a' creidsinn ; oir cha'n ann do m' chaoraich sibh, mar thubhairt mi ribh.

27 Tha mo chaoraichse ag éisd-eachd ri m' ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi :

28 Agus bheiream a' bheatha mhair-eannach dhoibh, agus cha sgriosar iad am fead, ni mò a spionas neach air bith as mo làimh iad.

29 M'Athair a thug dhomhsa iad, is mò e na na h-uile : agus cha'n urradh neach air bith an spionadh a làimh m'Athar.

30 Mise agus an t-Athair, is aon sinn.

31 Uime sin thog na h-Iudhaich clachan a ris chum a chlachadh.

32 Fhreagair Iosa iad, Nochd mi dhuibh mòran a dh'oibribh maithe o m'Athair ; cia do na h-oibribh sin air son am bheil sibh ga m' chlachadh ?

33 Fhreagair na h-Iudhaich e, ag ràdh, Air son oibre maith cha 'n'eil sinn ga d' chlachadh ; ach air son toibheim, agus air son, air bhi dhuitse a'd' dhuine, gu bheil thu deanamh Dé dhiot féin.

34 Fhreagair Iosa iad, Nach 'eil e scrìobhta ann bhur laghsa, Thubhairt mi, Is dée sibh ?

<sup>c</sup> cuiridh. <sup>d</sup> an t-aodhaire. <sup>e</sup> toigh. <sup>f</sup> mhi-chéill.  
<sup>g</sup> féill an ath-nuadhachaidh. <sup>h</sup> àileir. <sup>i</sup> chaillear.



35 Ma thubhairt e d'ée riusan, dh'ionnsuidh an robh focal Dé, agus nach feudar an scriobtuir a bhriseadh!<sup>1</sup>

36 An abair sibh risean, a naomhaich an t-Athair, agus a chuir e chum an t-saoghail, Tha thu a' labhairt toibheim; air son gu'n dubhairt mi, Is mi Mac Dhé?

37 Mur dean mi oibre m'Athar, na creidibh mi.

38 Ach ma ni, ge nach creid sibh mise, creidibh na h-oibre, chum gu'm bi fios agaibh agus gu'n creid sibh gu bheil an t-Athair annamsa, agus mise annsan.

39 Uime sin dh'iarr iad a ris a ghlacadh: ach chaidh e as an làimh.

40 Agus chaidh e ris do'n taobh thall do Iordan, do'n ionad anns an robh Eoin air tùs ri baisteadh: agus rinn e còmhnuidh an sin.

41 Agus thainig mòran d'a ionnsuidh, agus thubhairt iad, Cha do rinn Eoin aon mhiorbhuil: ach bha na h-uile nithe thubhairt Eoin mu'n duine so fìor.

42 Agus chreid mòran san àit sin air.

### C A I B. XI.

<sup>1</sup> Tha Criosd a' togail suas Lasarus an déigh dha bhi ceithir làithean san uaigh. 45 Tha mòran do na h-Iudhachaibh a' creidsinn. 47 Tha na h-àrd shagairt agus na Phairsich a' cumail comhàirle 'n aghaidh Chriosd. 49 Tha Caiaphas a' deanamh fàidheadaireachd, &c.

**A** NIS bha duine àraidh gu tinn, d'am b'ainm Lasarus o Bhethani, baile Mhuire agus Mharta a peathar.

2 (B'i Mhuire sin a dh'ùng an Tighearn le ola luachmhoir, agus a thiorruich a chosa leis a folt, aig an robh a bràthair Lasarus gu tinn.)

3 Uime sin chuir a pheathraiche fios d'a ionnsuidh, ag ràdh, A Thighearn, feuch, tha 'n ti a's ionnmhuinn leat tinn.

4 'Nuair a chual Iosa so, thubhairt e, Cha 'n'eil an tinneas so chum bàis, ach a chum glòire Dhé, chum gu'm

bi Mac Dhé air a ghlòrachadh d'a thaobh.

5 A nis b'ionnmhuin le Iosa Marta, agus a piuthar, agus Lasarus.

6 Uime sin an uair a chual e gu'n robh esan tinn, dh'fhan e fathast dà latha anns an ionad an robh e.

7 'Na dhéigh sin thubhairt e r'a dheisciobluibh, Rachamaid a ris do Judea.

8 Thubhairt a dheisciobuil ris, A Mhaighstir, a nis dh'iarr na h-Iudhaich do chlachadh; agus am bheil thu dol a ris an sin?

9 Fhreagair Iosa, Nach 'eil dà uair dheug san là? Ma dh'imicheas duine anns an là, cha tuislich e, oir tha e faicinn soluis an t-saoghail so.

10 Ach ma dh'imicheas duine anns an oidhche, tuislichidh e, do bhrìgh nach 'eil an solus ann.

11 Na nithe so thubhairt e: agus 'na dhéigh sin a deir e riu, Tha ar caraid Lasarus 'na chodal; ach a ta mise a dol chum's gu'n dùisg mi as a chodal e.

12 An sin thubhairt a dheisciobuil, A Thighearn, ma tha e 'na chodal, bithidh e slàn.

13 Gidheadh labhair Iosa m'a bhàs: ach shaoil iadsan gu'n do labhair e mu thimchioll fois codail.

14 An sin thubhairt Iosa riu gu soilleir, Fhuair Lasarus bàs:

15 Agus a ta mi subhach air bhur sonsa nach robh mi an sin (chum's gu'n creid sibh;) ach rachamaid d'a ionnsuidh.

16 An sin thubhairt Tomas, d'an goirear Didimus, r'a choimh-dheisciobluibh, Rachamaidne mar an ceudna, chum's gu'm faigh sinn bàs maille ris.

17 An sin an uair a thainig Iosa, fhuair se e an déigh dha bhi cheana ceithir làithean san uaigh.

18 (A nis bha Betani fagus do Hierusalem, mu thimchioll cùig stàide deug uaith.)

19 Agus thainig mòran do na h-Iudhachaibh chum Mharta agus Mhuire, gu comh-fhurtachd a thoirt doibh a thaobh am bràthar.

20 An sin an uair a chuala Marta

gu'n robh Iosa a' teachd, chaidh i 'na chòdhail: ach shuidh Muire san tigh.

21 An sin thubhairt Marta ri h-Iosa, A Thighearn, nam biodh tusa an so, cha 'n fhaigheadh mo bhràthair bàs.

22 Ach a ta fhios agam a nis féin, ge b'e air bith nithe a dh'iarras tu air Dia gu'n d'thoir Dia dhuit iad.

23 Thubhairt Iosa rithe, Eiridh do bhràthair a ris.

24 Thubhairt Marta ris, Tha fhios agam gu'n éirich e ris san aiseirigh air an là dheireannach.

25 Thubhairt Iosa rithe, Is mise an aiseirigh, agus a' bheatha: an ti a chreideas annamsa, ge do gheibheadh e bàs, bithidh e beo;

26 Agus ge b'e neach a ta beo, agus a' creidsinn annamsa, cha'n fhaigh e bàs am feasd. Am bheil thu creidsinn so?

27 Thubhairt i ris, Tha, a Thighearn: creideam gur tusa Crìosd, Mac Dhé, a bha gu teachd chum an t-saoghail.

28 Agus air dh'i na nithe so ràdh, dh'fhalbh i, agus ghairm i a piuthar Muire os ìosal, ag ràdh, Thainig am Maighstir, agus tha e ga d' ghairm.

29 'Nuair a chual ise sin, dh'éirich i gu grad, agus thainig i d'a ionnsuidh.

30 A nis cha robh Iosa fathast air teachd do'n bhaile, ach bha e anns an àit an do choinnich Marta e.

31 An sin na h-Iudhaich a bha maille rithe san tigh, agus a' toirt comh-fhurtachd dh'i, 'nuair a chunnaic iad Muire gu'n d'éirich i gu grad, agus gu'n deachaidh i mach, lean iad i, ag ràdh, Tha i dol chum na h-uaigne, a chaoineadh an sin.

32 An sin an uair a thainig Muire do'n àit an robh Iosa, agus a chunnaic i e, thuit i aig a chosaibh, ag ràdh ris, A Thighearn, nam biodh tusa an so, cha 'n fhaigheadh mo bhràthair bàs.

33 Uime sin an uair a chunnaic Iosa i a' gul, agus na h-Iudhaich a thainig maille rithe a' gul mar an

ceudna, rinn e osna 'na spiorad, agus chuir se e féin fuidh àmhghar<sup>m</sup>.

34 Agus thubhairt e, C'àit an do chuir sibh e? Thubhairt iad ris, A Thighearn, thig agus faic.

35 Ghuil Iosa.

36 An sin thubhairt na h-Iudhaich, Feuch cionnus a ghràdhaich se e?

37 Agus thubhairt cuid diubh, Nach feudadh an duine so a' dh'fhosgail sùilean an doill, a thoirt fainear nach faigheadh eadhon am fear so bàs?

38 Uime sin thainig Iosa ag osnaich a ris ann féin, chum na h-uaigne, Agus b'uaimh<sup>n</sup> i, agus bha clach air a cur oirre.

39 Thubhairt Iosa, Togaibh a' chlach. Thubhairt Marta, piuthar an duine mhairbh, ris, A Thighearn, tha nis droch bholadh dheth; oir is e so an ceathramh latha<sup>o</sup>.

40 A deir Iosa rithe, Nach dubhairt mi riut, Ma chreideas tu, gu'n faic thu glòir Dhé?

41 An sin thog iad a' chlach (o'n àit anns an robh an duine marbh air a chur.) Agus thog Iosa suas a shùilean, agus thubhairt e, Athair, tha mi toirt buidheachais duit gu'n d'éisd thu rium.

42 Agus bha fhios agam gu bheil thu 'g éisdeachd rium a ghnàth: ach thubhairt mi e air son an t-sluaigh a tha 'nan seasamh a m' thimchioll, chum gu'n creid iad gu'n do chuir thusa uait mi.

43 Agus an uair a labhair e na nithe so, ghlaodh e le gur mòr, A Lasarus, thig a mach.

44 Agus thainig esan a bha marbh a mach, agus a chosan agus a làmhan ceangailte leis an eudach mhairbh: agus bha aghaidh ceangailte m'an cuairt le neapaicin. A deir Iosa riu, Fuasglaibh e, agus leigibh leis im-eachd.

45 An sin chreid mòran do na h-Iudhaich ann, a thainig chum Mhuire, agus a chunnaic na nithe a rinn Iosa.

46 Ach dh'fhalbh cuid diubh chum nam Phairiseach, agus dh'innis iad dhoibh na nithe a rinn Iosa.



47 An sin chruinnich na h-àrd shagairt agus na Phairisich comhairle, agus thubhairt iad, Ciod a tha sinn a' deanamh? oir a ta 'n duine so deanamh mòrain mhiorbhuile.

48 Ma leigeas sinn leis air an dòigh so, creididh na h-uile dhaoine ann; agus thig na Romhanaich P, agus sgriosaidh iad<sup>r</sup> ar n-àit, agus ar cinneach.

49 An sin thubhairt fear àraidh dhiubh d' am b'ainm Caiaphas, air dha bhi 'na àrd shagart air a' bhliadhna sin, riu, Cha'n aithne dhuibh ni sam bith,

50 Ni mò tha sibh a' toirt fainear gur iomchuidh dhuinne gu'm faigh-eadh aon duine bàs air son an t-sluaigh, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios.

51 Ach cha b'ann uaith féin a labhair e so: ach air dha bhi 'na àrd shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidheadaireachd gu'm faigheadh Iosa bàs air son a' chinnich sin:

52 Agus ni h-ann air son a' chinnich sin a mhàin, ach a chum mar an ceudna gu'n cruinnicheadh e an ceann a chéile 'nan aon clann Dhé a bha air an sgapadh.

53 Uime sin o'n là sin a mach, chuir iad an comhairle r'a chéile chum esan a chur gu bàs.

54 Air an aobhar sin cha d'imich Iosa ni's mò os àird am measg nan Iudhach; ach chaidh e as sin do dhùthaich làimh ris an fhàsach, gu baile d'an goirear Ephraim, agus an sin ghabh e còmhnuidh maille r'a dheisciobluihb.

55 Agus bha càisg nan Iudhach am fagus: agus chaidh mòran suas as an dùthaich do Hierusalem roimh 'n chàisg, chum iad féin a ghlanaadh.

56 An sin dh'iarr iad Iosa, agus labhair iad r'a chéile 'nan seasamh san teampull, Ciod bhur barailse? an e nach d'thig e chum na féisde?

57 A nis bha araon na h-àrd shagairt agus na Phairisich air toirt àithne, nam biodh fhios aig neach air bith e'àit an robh e, gu'n innseadh se e, chum's gu'n glacadh iad e.

## C A I B XII.

1 Tha Iosa a' gabhail leith-sgeil Mhuire air son gu'n d'ùng i a chosan. 9 Tha 'n sluagh a' teachd 'nam buidhnibh a dh'fhaicinn Lasarus. 10 Tha na h-àrd shagairt a' gabhail comhairle Lasarus a mharbhadh. 12 Tha Crìosd a' marcachd gu Hierusalem. 23 Tha e a' roimh-innseadh a bhàis, &c.

**A**N sin thainig Iosa, sèa làithean roimh an chàisg, gu Betani, far an robh Lasarus a bha marbh, neach a thog esan o na marbhaibh.

2 Uime sin rinn iad suipeir dha an sin, agus bha Marta a' frithealadh: ach bha Lasarus 'na aon diubhsan a shuidh air bord maille ris.

3 An sin ghabh Muire pund do ola spicnair ro luachmhoir, agus dh'ùng i cosan Iosa, agus thiormuich i a chosan le a folt: agus lionadh an tigh le fàile<sup>s</sup> cùbhruidh na h-ola.

4 An sin a deir aon d'a dheisciobluihb, Iudas Iscariot, mac Shimoin, a bha gu esan a bhrath,

5 C'ar son nach do reiceadh an ola so air son tri cheud peghinn, agus nach d'thugadh do na bochdaibh e?

6 Thubhairt e so, cha b'ann a chionn gu'n robh suim aige do na bochdaibh; ach a chionn gu'm bu ghaduiche e, agus gu'n robh an sporan aige, agus gu'n do ghiùlain e na nithe a chuireadh ann.

7 An sin thubhairt Iosa, Leig leatha: fa chomhair latha m' adhlaic ghleidh i so.

8 Oir tha na bochdan a ghnàth agaibh maille ribh, ach cha 'n'eil mise agaibh a ghnàth.

9 Agus bha fhios aig sluagh mòr do na h-Iudhachaibh gu'n robh e 'n sin: agus thainig iad, cha 'n ann a mhàin air son Iosa, ach a chum gu'm faiceadh iad mar an ceudna Lasarus, a thog esan o na marbhaibh.

10 Ach ghabh na h-àrd shagairt comhairle, chum Lasarus mar an ceudna a mharbhadh;

11 Do bhrìgh air a shonsan gu'n d'imich mòran do na h-Iudhachaibh, agus gu'n do chreid iad ann an Iosa.

12 Air an là màireach, air cluin-

tinn do mhòr shluagh a thainig chum na fèisde, gu'n robh Iosa a' teachd gu Hierusalem,

15 Ghlac iad geuga pailme, agus chaidh iad a mach 'na chòdhail, agus ghlaodh iad, Hosana, beannuichte gu robh Rìgh Israeil a tha teachd an ainm an Tighearna!

14 Agus, air do Iosa asal òg fhaotainn, shuidh e air; a réir mar a ta e sgrìobhta,

15 Na biodh eagal ort, a nighean Shìoin: feuch, a ta do Rìgh a' teachd, 'na shuidhe air loth asail.

16 Cha do thuig a dheisciobuil na nithe so air tùs: ach an uair a ghlòraicheadh Iosa, an sin chuimhnich iad gu'n robh na nithe so sgrìobhta uime, agus gu'n d'rinn iad na nithe so dha.

17 Uime sin rinn an sluagh a bha maille ris fianuis, gu'n do ghairm e Lasarus as an uaigh, agus gu'n do thog e o na marbhaibh e.

18 Air an aobhar sin mar an ceudna choinnich an sluagh e, do bhrìgh gu'n cual iad gu'n d'rinn e am mìorbhuil so.

19 Thubhairt na Phairisich uime sin eatorra féin, Am faic sibh nach 'eil sibh a' buadhachadh bheag sam bith? feuch, t'ua 'n saoghal air dol 'na dhéigh.

20 Agus bha Greugaich àraidh am measg na muinntir a chaidh suas chum aoradh dheanamh aig an fhéisd:

21 Air an aobhar sin thainig iad-san gu Philip, a bha o Bhetsaida Ghalile, agus dh'iarr iad air, ag ràdh, A Thighearn, bu mhiann leinn Iosa fhaicinn.

22 Thainig Philip agus dh'innis e do Aindreas: agus a ris dh'innis Aindreas agus Philip do Iosa.

23 Agus fhreagair Iosa iad, ag ràdh, Thainig an uair, chum gu'm biodh Mac an duine air a ghlòrachadh.

24 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Mur faigh an gràinne cruineachd a thuiteas anns an talamh bàs; fanaidh e 'na aonar: ach ma gheibh e bàs, bheir e toradh mòr uath.

25 Esan a ghràdhaicheas anam, caillidh se e; agus esan a dh'fhuathaicheas anam anns an t-saoghal so, gleidhidh se e chum na beatha maireannaich.

26 Ma nì neach air bith seirbhis dhomhsa, leanadh e mi; agus ge b'e àit am bi mise, an sin bithidh mo sheirbhiseach mar an ceudna: ma nì neach seirbhis dhomhsa, bheir m' Athair air onoir dha.

27 A nis tha m'anam fuaidh àmhghar; agus ciod a their mi? Athair, saor mi o'n uair so: ach is an air a shon so a thainig mi chum na h-uaire so.

28 Athair, glòraich t-ainm. An sin thainig guth o nèamh, Ghlòraich mi araon e, agus glòraichidh mi ris e.

29 Uime sin thubhairt an sluagh a sheas a làthair, agus a chual a so, Gu'n robh tairneanach ann: thubhairt cuid eile, Labhair aingeal ris.

30 Fhreagair Iosa agus thubhairt e, Cha'n ann air mo shòrsa thainig an guth so, ach air bhur sonsa.

31 A nis tha breitheanas an t-saoghail so ann: a nis tilgear uachdaran an t-saoghail so mach.

32 Agus mise, ma thogar suas o'n talamh mi, tairngidh mi na h-uile dhaoine a'm ionnsuidh.

33 (Ach thubhairt e so, a' ciallachadh ciod a' ghnè bàis a gheibheadh e.)

34 Fhreagair an sluagh e, Chuala sinne as an lagh, gu'm fan Crìosd gu sìorruidh: agus cionnus a deir thusa, Gur éigin do Mhac an duine bhi air a thogail suas? cò e Mac an duine so?

35 An sin thubhairt Iosa riu, Fathast rè tamuill bbig tha 'n solus maille ribh; gluaisibh am feadh 's a ta 'n solus agaibh, chum nach beir an dorchadas oirbh: oir an ti a ta 'g imeachd an dorchadas, cha'n aithne dha c'ait am bheil e dol.

36 Am feadh 's a ta 'n solus agaibh, creidibh san t-solus, chum gu'm bi sibh 'nar cloinn do'n t-solus. Labhair Iosa na nithe so agus dh'fhalbh e, agus dh'fholaich se e féin uatha.



37 Ach ge do rinn e a choimhlion so do mhiorbhuilbh 'nan làthair, cha do chreid iad ann :

38 Chum gu'm biodh briathran an fhàidh Esaiais air an coimhlionadh, a thubhairt e, A Thighearn, cò a chreid ar n-aithrisne<sup>u</sup>? agus cia dha a dh'fhoillsicheadh gairdean an Tigh-earna?

39 Air an aobhar so cha robh e'n comas doibh creidsinn, do bhrìgh gu'n dubhairt Esaiais a ris,

40 Dhall e an sùilean, agus chruaidhich e an cridhe, chum nach faicheadh iad le'n sùilbh, agus nach tuigeadh iad le'n cridhe, agus nach pilleadh iad, agus gu'n slànuichinn iad.

41 Thubhairt Esaiais na nithe so, 'nuair a chunnaic e a ghlòirsan, agus labhair e uime.

42 Gid' a dh'chreid mòran do na h-Uachdaranaibh féin ann; ach air son nam Phairiseach cha d'aidich iad e, air eagail gu'n cuirte mach as an t-sionagag iad.

43 Oir b'annsa leo glòir dhaoine na glòir Dhé.

44 Agus ghlaodh Iosa, agus thubhairt e, An ti a ta creidsinn annamsa, cha'n ann annamsa tha e creidsinn, ach anns an ti a chuir uaith mi.

45 Agus an ti a tha ga m' fhaicinnse, tha e faicinn an ti a chuir uaith mi.

46 Thainig mi a'm' sholus chum an t-saoghail, chum ge b'e chreideas annam, nach fanadh e an dorchadas.

47 Agus ma chluinneas neach air bith mo bhriathransa, agus nach creid e, cha'n'eil mise 'ga dhìteadh: oir cha d'thainig mi a dhìteadh an t-saoghail, ach a shaoradh an t-saoghail.

48 An ti a tha cur cùil riumsa, agus nach 'eil a' gabhail ri m' bhriathraibh, tha aige neach a bheir breth air: am focal a labhair mi, bheir e sin breth air san là dheireannach.

49 Oir cha dò labhair mi uam féin; ach an t-Athair a chuir uaith mi, thug e àithne dhomh, ciod a theirinn, agus ciod a labhrainn.

50 Agus a ta fhios agam gur

beatha mhaireannach àithnesan: air an aobhar sin na nithe tha mi a' labhairt, mar thubhairt an t-Athair rium, mar sin a ta mi a' labhairt.

### C A I B. XIII.

1 Tha Crìosd a' nigheadh chos nan deisciobul, 13 ag earail orra bhi iriosal agus seirceil; 18 ag innseadh roimh-laimh, agus a' foillseachadh do Eoin le comhara, gu'm b'e Iudas a bhrathadh e; 31 a' toirt àithne dhoibh iad a ghràdhachadh a chèile; 36 agus a' roimh-innseadh do Pheadar gu'n robh e gu esan àicheadh.

**A** NIS roimh fhéisd na càisge, air do Iosa fios a bhi aige gu'n robh uair air teachd, anns an rachadh e as an t-saoghal so chum an Athair, air da a mhuinntir féin a bha anns an t-saoghal a ghràdhachadh, ghràdh-aich e gu crìch iad.

2 Agus an uair a bha 'n t-suipeir thairis<sup>a</sup>, (air do'n diabol a nis a chur an cridhe Iudais Iscariot, mhic Shimoin, esan a bhrath.)

3 Air aithneachadh do Iosa gu'n d'thug an t-Athair na h-uile nithe 'na làmh-aibh, agus gur ann o Dhia a thainig<sup>e</sup>, agus gur ann a dh'ionnsuidh Dhé a bha e doì,

4 Dh'éirich e o shuipeir, agus chuir e dheth fhalluing<sup>b</sup>, agus ghlac e làmh-anart, agus cheangail e uime e.

5 'Na dhéigh sin, thaom e uisge ann an soitheach-ionnlaid, agus thòisich e air cosan nan deisciobul ionnlaid, agus an tiormachadh leis an làmh-anart a bha ceangail e uime.

6 An sin thainig e gu Simon Peadar: agus thubhairt esan ris, A Thighearn, am bheil thusa 'g ionnlaid mo chosansa?

7 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, An ni so ta mi deanamh cha 'n aithne dhuits' a nis; ach bithidh fios agad air an déigh so.

8 Thubhairt Peadar ris, Cha nigh thu mo chosansa gu bràth. Fhreagair Iosa e, Mùr nigh mi thu, cha 'n'eil cuid agad maille rium.

9 A deir Simon Peadar ris, A Thighearn, ni h-iad mo chosan a

<sup>u</sup> iomradhne. <sup>a</sup> an uair e bha iad r'an suipeir. <sup>b</sup> eudach-uachdair.

mhàin, ach mar an ceudna mo làmh-  
an agus mo cheann.

10 A deir Iosa ris, An ti a ta air  
ionnlad, cha 'n'eil feum aige ach a  
chosan ionnlad, ach tha e gu h-iomlan  
glan: agus a ta sibhse glan, ach  
cha 'n'eil sibh uile glan.

11 Oir bha fhios aige cò a bhrath-  
adh e; uime sin thubhairt e, Cha 'n'eil  
sibh uile glan.

12 An sin, an déigh dha an cosan  
ionnlad, agus fhalluing a ghabhail  
d'a ionnsuidh, shuidh e a ris, agus  
thubhairt e riu, Am bheil fhios ag-  
aibh ciod a rinn mi dhuibh?

13 Tha sibh a' gairm Maighstir,  
agus Tighearn dhiomsa: agus tha  
sibh ag ràdh gu maith; oir is mi sin.

14 Uime sin ma dh'ionnlaid mise,  
bhur Tighearn agus bhur Maighstir,  
bhur cosansa, is còir dhuibhse mar an  
ceudna cosan a chéile ionnlad.

15 Oir thug mi eisiomplair dhuibh,  
chum's mar a rinn mise dhuibh, gu'n  
deanadh sibhse mar an ceudna.

16 Gu deimhin deimhin a deirim  
ribh, Cha mhò an t-òglach na mhaigh-  
stir, agus cha mhò an teachdaire na  
'n ti a chuir uaith e.

17 Ma's aithne dhuibh na nithe so,  
is beannuichte sibh ma ni sibh iad.

18 Cha 'n'eil mi labhairt oirbh  
uile; is aithne dhomh cò a thagh  
mi: ach is éigin an scriobtuir a  
choimblionadh, An ti a ta 'g itheadh  
arain maille rium, thog e a shàil a'm'  
aghaidh.

19 A nis a deirim so ribh mun  
d'thig e gu crìch, chum 'nuair a  
tharlas e, gu'n creid sibh gur mise e.

20 Gu deimhin deimhin a deirim  
ribh, An ti a ghabhas ri neach sam  
bith a chuireas mise uam, gabhaidh e  
riumsa: agus an ti a ghabhas riumsa,  
gabhaidh e ris an ti a chuir uaith  
mi.

21 Air do Iosa na nithe so ràdh,  
bha e fuidh thrioblaid 'na spiorad,  
agus rinn e fianuis, agus thubhairt e,  
Gu deimhin deimhin a deirim ribh,  
gu'm brath a h-aon agaibh mise.

22 An sin dh'amhaire na deisciob-  
uil air a chéile, fuidh anharus cia  
uime a labhair e.

23 A nis bha aon d'a dheisciob-  
luibh 'na luidhe an uchd<sup>c</sup> Iosa,  
neach a b'ionmhuinn le Iosa.

24 Air an aobhar sin sméid Simon  
Peadar airsa, gu'm feòraicheadh e  
cia uime a labhair e.

25 An sin air dhasan aomadh ri  
uchd Iosa, a deir e ris, A Thighearn,  
cò e?

26 Fhreagair Iosa, Is e 'n ti sin e,  
d'an toir mise an greim, an déigh  
dhomh a thumadh. Agus an uair a  
thum e 'n greim, thug se e do Indas  
Iscariot, mac Shimmoin.

27 Agus an sin an déigh a'  
ghreama, chaidh Satan a steach ann-  
san. An sin thubhairt Iosa ris, An  
ni a ta thu a' deanamh, dean gu  
grad e.

28 A nis cha do thuig a li-aon  
dhubhsan a bhla 'nan suidhe air a'  
bhord c'ar son a thubhairt e so ris.

29 Oir shàoil cuid dhuibh, do bhrìgh  
gu'n robh an sporan aig Iudas, gu'n  
dubhairt Iosa ris, Ceannaich na nithe  
a ta dh'uireasbhuidh oirnn chum na  
féisde: no, gu'n d'thugadh e ni-éigin  
do na bochdaibh.

30 An sin an déigh dhasan an  
greim a ghabhail, chaidh e mach air  
ball; agus bha'n oidheche ann.

31 Uime sin, 'nuair a chaidh esan  
a mach, thubhairt Iosa, A nis a ta  
Mac an duine air a ghlòrachadh, agus  
tha Dia air a ghlòrachadh ann.

32 Ma ta Dia air a ghlòrachadh  
ann, glòraichidh Dia esan mar an  
ceudna ann féin, agus air ball glòr-  
aichidh se e.

33 A chlann bheag, fathast ùine  
bheag tha 'mise maille ribh. Iarr-  
aidh sibh mi: agus mar thubhairt mi  
ris na h-Iudhachaibh, Do'n àit an  
d'théid mise, cha 'n'eil e 'n comas  
duibhse teachd; mar sin a deirim  
ribhse nis.

34 Aithne nuadh bheircam dhuibh,  
Gu'n gràdhaich sibh a chéile; mar a  
ghràdhaich mise sibhse, gu'n gràdha-  
ich sibh féin a chéile mar an ceud-  
na.

35 Le so aithnichidh na h-uile  
dhaoine gur sibh mo dheisciobuilse,  
ma bhios gràdh agaibh féin d'a chéile.



36 A deir Simon Peadar ris, A Thighearn, c'ait a théid thu? Fhreagair Iosa e, Do'n áit an d'théid mi, cha'n urradh thusa nis mo leantuinn; gidheadh leanaidh tu mi 'na dhéigh so.

37 A deir Peadar ris, A Thighearn, c'ar son nach urradh mi do leantuinn a nis? Leigidh mi síos m'anam air do shon.

38 Fhreagair Iosa e, An leig thu t'anam síos air mo shonsa? Gu deimhin deimhin a deirim riut, Nach goir an coileach, gus an áicheadh thu mí tri uairean.

### C A I B. XIV.

1 *Tha Críost a' toirt comh-fhurtachd d'a dheiscioblubh le dòchas fhlaith-eanaí: 6 ag innseadh gur e féin an t-slighe, an fhìrinn, agus a' bheatha, agus gur aon e féin agus an t-Athair: 13 a' toirt cinnte gu'm b'i'n ùrnuighean 'na ainmsan eifeachdach: &c.*

**N**A biodh bhuir cridhe fuidh thrioblaid: tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annamsa mar an ceudna.

2 Ann an tigh m'Atharsa tha iomadh àite-còmhnuidh: mur biodh e mar sin, dh'innsinnse dhuibh: tha mi dol a dh'ulluchadh àite dhuibh.

3 Agus ma théid mi agus gu'n ulluich mi àit dhuibh, thig mi ris, agus gabhaidh mi sibh a m' ionnsuidh féin, chum far am bheil mise, gu'm bi sibhse mar an ceudna.

4 Agus is aithne dhuibh c'ait am bheil mi dol, agus is aithne dhuibh an t-slighe.

5 A deir Tomas ris, A Thighearn, cha'n eil fhios againn c'ait am bheil thu dol, agus cionnus a dh'fheudas eòlas na slighe bhi againn?

6 A deir Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha: cha d'thig aon neach chum an Athar ach triomsa.

7 Nam b'aithne dhuibh mise, b'aithne dhuibh m'Athair mar an ceudna: agus a so suas is aithne dhuibh e, agus chunnaic sibh e.

8 A deir Philip ris, A Thighearn foillsich an t-Athair dhuinne, agus is leoir leinn e.

9 A deir Iosa ris, Am bheil mise ùine co fhada maille ribh, agus nach aithne dhuit fathast mi, Philip? an ti a chunnaic mise, chunnaic e 'n t-Athair; agus cionnus a deir thu, Foillsich an t-Athair dhuinn?

10 Nach 'eil thu creidsinn gu bheil mise anns an Athair, agus an t-Athair annamsa? na briathra a ta mi labhairt ribh, cha'n an uam féin a ta mi 'gan labhairt: ach an t-Athair, a ta gabhail còmhnuidh annamsa, tha esan a' deanamh nan oibre.

11 Creidibh mise gu bheil mi anns an Athair, agus an t-Athair annamsa: no, creidibh mi air son nan oibre féin.

12 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti a chreideas annamsa, na h-oibre a ta mise a' deanamh, ni esan mar an ceudna, agus ni e oibre a's mò na iad so, do bhrìgh gu bheil mise dol chum m'Athar;

13 Agus ge b'e ni a dh'iarras sibh a'm' ainmse, ni mise sin: chum's gu'm bi an t-Athair air a ghlòrachadh anns a' Mhac.

14 Ma dh'iarras sibh ni air bith a'm' ainmse, ni mise e.

15 Ma's toigh libh mise, coimhidibh m'aitheanta.

16 Agus guidhidh mise an t-Athair, agus bheir e dhuibh Comhfhurt-airf eile, chum's gu fan e maille ribh gu bràth;

17 Spiorad na fìrinn, neach nach urrainn an saoghal a ghabhail, do bhrìgh nach 'eil e 'ga fhaicinn, agus nach aithne dha e: ach is aithne dhuibhse e, oir tha e fantuinn maille ribh, agus bithidh e annaibh.

18 Cha'n fhàg mi sibh 'nar dilleachdaibh; thig mi d'ar ionnsuidh,

19 Tamull beag fathast, agus cha'n fhaic an saoghal mi tuilleadh; ach chi sibhse mi: do bhrìgh gu bheil mise beo, bithidh sibhse beo mar an ceudna.

20 Anns an là sin bithidh fios agaibh gu bheil mise ann am Athair,

d bhuaireas. e creidibh ann an Dia, agus creidibh annamsa.

f Fear-comhfhurtachd, Fear-comhairle, Fear-iuil.

agus sibhse annamsa, agus mise annaibhse.

21 An ti aig am bheil m'aitheantasa, agus a ta 'gan coimhead, is esan aig am bheil gràdh dhomhsa : agus an ti aig am bheil gràdh dhomhsa, gràdhaichear le m'Athair e, agus gràdhaichidh mise e, agus foillsichidh mi mi féin da.

22 A deir Iudas (cha'n e Iscariot) ris, A Thighearn, c'ar son a dh'fhoillsicheas tu thu féin dhuinne, agus nach dean thu sin do'n t-saoghal?

23 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Ma ghràdhaicheas neach mise, coimbidh e m'fhocal : agus gràdhaichidh m'Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris.

24 An ti nach gràdhaich mise, cha choimhid e mo bhriathra : agus am focal a ta sibh a' cluinntinn, cha leamsa e, ach leis an Athair a chuir uaith mi.

25 Na nithe so labhair mi ribh, air dhomh bhi m'còmhnuidh maille ribh :

26 Ach an Comhfhurtair, an Spiorad naomh, a chuireas an t-Athair uaith a'm ainmse, teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithe, agus cuiridh e 'n cuimhne dhuibh na h-uile nithe a labhair mise ribh.

27 Tha mi fàgail sìth agaibh, mo shiths' a ta mi tabhairt duibh : cha'n ann mar a bheir an saoghal, a tha mise tabhairt duibh. Na biodh bhuir cridhe fuidh thrioblaid, agus na biodh eagail air.

28 Chuala sibh mar thubhairt mi ribh, Tha mi falbh, agus thig mi ris d'ar ionnsuidh. Nam biodh gràdh agaibh dhomhsa, bhiodh aoibhneas oirbh, a chionn gu'n dubhairt mi, Tha mi dol<sup>g</sup> chum an Athar ; oir is mò m'Athair na mise.

29 Agus a nis dh'innis mi dhuibh so roimh dha teachd gu crìch, chum 'nuair a thig e gu crìch, gu creideadh sibh.

30 A so suas cha labhair mi mòran ribh : oir a ta uachdaran an t-saoghail so a' teachd, agus cha 'n'eil ni air bith aige annamsa.

31 Ach a chum's gu'm bi fios aig an t-saoghal gur ionmhuinn leam an t-Athair ; agus mar a thug an t-Athair aithne dhomh, mar sin a ta mi a' deanamh. Eiribh, rachamaid as so.

## C A I B XV.

1 An sòlas a ta aig deisciobluibh Chrìosd, an gaol agus an coimhcheangal ata eadar iad agus esan, fa chosamhlachd fhìonain agus a geuga.

18 Comhfhurtachd fuidh fhuath agus gheur-leanmhuinn an t-saoghail. 26 Dreuchd an Spioraid naomh, agus nan abstol.

**I**S mise an fhìonain fhèr, agus is e m'Athair an treabhaiche.

2 Gach uile gheug annamsa nach 'eil a' giùlan toraidh, bheir e air falbh : agus gach uile gheug a ta tabhairt toraidh, glanaidh e i, chum as gu'n giùlain i tuilleadh toraidh.

3 A nis a ta sibhse glan tre an fhocal a labhair mi ribh.

4 Fanaibh annamsa, agus mise annaibhse. Mar nach urrainn a' gheug toradh a thoirt uaipei féin, mur fan i san fhìonain, cha mhò is urrainn sibhse, mur fan sibh annamsa.

5 Is mise an fhìonain, sibhse na geuga : an ti a dh'fhanas annamsa, agus mise annsan, bheir esan mòr thoradh uaith : oir as m'eugmhais-se cha'n urradh sibh aon ni a dheanamh.

6 Mur fan neach annamsa, tha e air a thilgeadh a mach mar ghéig, agus air crìonadh<sup>l</sup> ; agus tionailidh daoine iad, agus tilgidh iad san teine iad, agus loisgear iad.

7 Ma dh'fhanas sibh annamsa, agus ma dh'fhanas m'fhocailse annaibhse, iarraidh sibh gach ni a's àill libh, agus nithear dhuibh e.

8 An so tham' Athairse air a ghlòrachadh, gu'n d'thoir sibhse mòr thoradh uaibh ; agus bithidh sibh 'nar deisciobuil dhomhsa.

9 Mar a ghràdhaich an t-Athair mise, mar sin ghràdhaich mise sibhse : fanaibh ann am ghràdhsa.

10 Ma choimhideas sibh m'aitheanta, fanaidh sibh ann am ghràdh :

<sup>g</sup> a chionn gu bheil mi dol. <sup>h</sup> tuathanach. <sup>i</sup> uaithe.

<sup>l</sup> mar ghéig a ta e air crìonadh.



mar a choimhid mise àitheanta m' Athar, agus a tha mi a' fantuinn 'na ghràdh.

11 Na nithe so labhair mi ribh, chum's gu fanadh mo ghairdeachas annaibh, agus gu'm biodh bhur gairdeachas-sa làn.

12 Is i so m' àithnese, gu'n gràdh-aich sibhse a chèile, mar a ghràdhaidh mise sibhse.

13 Gràdh a's mò na so cha 'n'èil aig neach air bith, gu'n leigeadh duine anam sìos air son a chairde.

14 Is sibhse mo chairdese, ma ni sibh gach ni a ta mi 'g' àithneadh dhuibh.

15 A so suas cha ghoir mi seirbhisich dhibh; oir cha'n aithne do'n t-seirbhiseach ciod a ta a Thighearn a' deanamh: ach ghoir mi cairde dhibh; oir na h-uile nithe a chuala mi o m' Athair, thug mi fios duibhse orra.

16 Cha sibhse a thagh mise, ach is mise a thagh sibhse, agus dh'orduich<sup>m</sup> mi sibh, chum gu'n rachadh sibh, agus gu'n d'thugadh sibh a mach toradh, agus gu maireadh bhur toradh: chum's ge b'e ni a dh'iarras sibh air an Athair ann am ainmse, gu'n tabhair e dhuibh e.

17 Tha mi 'g' àithneadh nan nithe so dhuibh, chum's gu'n gràdhaich sibh a chèile.

18 Ma ta 'n saoghal 'gar fuathachadh, tha fhios agaibh gu'n d'fhuathach e mise roimhibh.

19 Nam b'ann do'n t-saoghal sibh, ghràdhaicheadh an saoghal a chuid féin: ach do bhrigh nach ann do'n t-saoghal sibh, ach gu'n do thagh mise sibh as an t-saoghal, uime sin tha fuath aig an t-saoghal duibh.

20 Cuimhnichibh am focal a thubhairt mi ribh, Cha 'n'èil an seirbhiseach ni's mò na a Thighearn. Ma rinn iad geur-leanmhuinn ormsa, ni iad geur-leanmhuinn oirbhe mar an ceudna: ma choimhid iad m'fhocalsa, coimhididh iad bhur focalsa mar an ceudna.

21 Ach na nithe so uile ni iad oirbh air son m'ainmese, do bhrigh nach aithne dhoibh esan a chuir uèith mi.

22 Mur bithinnse air teachd, agus air labhairt riu, cha bhiodh peacadh aca: ach a nis cha 'n'èil leithsgeul am peacaidh aca.

23 An ti aig am bheil fuath dhomhsa, tha fuath aige do m' Athair mar an ceudna.

24 Mur bithinnse air deanamh nan oibre 'nam measg nach d'rinn aon neach eile, cha bhiodh peacadh aca: ach a nis chunnaic siad iad, agus dh'fhuathaich iad araon mise agus m' Athair.

25 Ach rinneadh so chum gu'n coimhliontadh am focal a ta scribedha 'nan lagh féin, Dh'fhuathaich iad mi gun aobhar.

26 Ach an uair a thig an Comhfhurtair, a chuireas mise d'ar ionnsuidh o'n Athair, Spiorad na fìrinn, a tha teachd a mach o'n Athair, ni esan fianuis mu m' thimchiollsa.

27 Agus ni sibhse fianuis mar an ceudna, do bhrigh gu bheil sibh maille rium o thùs.

#### C A I B. XVI.

1 Tha Crìosd a' toirt comhfhurtachd d' a dheisciobluibh an aghaidh trioblaid le gealladh an Spioraid naoimh, agus aiseirigh agus a dhol suas air nèamh; 23 a' toirt cinnte dhoibh gu'm bi na h-àrnuighean a nithear 'na ainmsan taitneach d'a Athair, &c.

**N**A nithe so labhair mi ribh, chum nach faigheadh<sup>n</sup> sibh oibheum.

2 Cuiridh iad as an t-sionagag sibh: seadh, thig an uair, ge b'e neach a mharbhas sibh, gu'n saoil e gu bheil e deanamh seirbhis do Dhia.

3 Agus ni iad na nithe so<sup>o</sup>, do bhrigh nach aithne dhoibh an t-Athair, no mise.

4 Ach dh'innis mi na nithe so dhuibh, chum 'nuair a thig an t-àm, gu'n cuimhnicibh sibh gu'n d'innis mi dhuibh iad. Ach cha dubhairt mi na nithe so ribh o thùs, do bhrigh gu'n robh mi maille ribh.

5 Ach a nis a ta mi dol chum an ti a chuir naith mi, agus cha 'n'èil a h-aon agaibhs' a' feòraich dhìom, C'ait tha thu dol?

6 Ach a chionn gu'n dubhairt mi na nithe so ribh, lion do-bròn bhur cridhe.

7 Gidheadh a ta mi 'g innseadh dhuibh na firinn, Is buannachd dhuibh mise a dh'fhalbh: oir mur falbh mi, cha d'thig an Comhfhurtair d'ar ionnsuidhse; ach ma dh'fhalbhas mi, cuiridh mi esan d'ar ionnsuidh.

8 Agus an uair a thig esan, bheir e dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas:

9 Mu pheacadh, do bhrìgh nach 'eil iad a' creidsinn annamsa;

10 Mu fhìreantachd, do bhrìgh gu bheil mi dol a dh'ionnsuidh m' Athar, agus nach faic sibh ni's mò mi;

11 Mu bhreitheanas, a chionn gu bheil uachdaran an t-saoghail so air a dhìtheadh.

12 Tha mòran nithe agam fathast ri ràdh ribh, ach cha'n urradh sibh an giùlan an tràthsa.

13 Ach an uair a thig esan, Spiorad na firinn, treòraichidh e sibh chum gach uile fhìrinn: oir cha labhair e uaith féin; ach labhraidh e na h-uile nithe a chluinneas e: agus foillsichidh e dhuibhse nithe a ta ri teachd.

14 Bheir esan glòir dhomhsa: oir gheibh e do m' chuidse, agus nochdaidh e dhuibhse.

15 Na h-uile nithe a ta aig an Athair, is leamsa iad: air an aobhar so thubhairt mi, gu'm faigh e do m' chuidse, agus nochdaidh e dhuibhse e.

16 Tamull beag agus cha'n fhaic sibh mi; agus a ris, tamull beag agus chi sibh mi, do bhrìgh gu bheil mi dol chum an Athar.

17 An sin thubhairt *cuid* d'a dheisciobluibh eatorra féin, Ciod e so a deir e ruinn, Tamull beag agus cha'n fhaic sibh mi: agus a ris, tamull beag agus chi sibh mi: agus, Do bhrìgh gu bheil mi dol chum an Athar?

18 Air an aobhar sin thubhairt iad, Ciod e so a deir e, Tamull beag? Cha 'n'eil sinne a' tuigsinn ciod a deir e.

19 A nis dh'aithnich Iosa gu'n robh toil aca fheòraich dheth, agus thubhairt e riu, Am bheil sibh a' feòraich 'nar measg féin mar a thubhairt mi, Tamull beag agus cha'n fhaic sibh mi: agus a ris, tamull beag agus chi sibh mi?

20 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, gu'n dean sibhse gul agus caoidh, ach ni'n saoghal gairdeachas: agus bithidh sibhse do-brònach, ach pillear bhur bròn gu gairdeachas.

21 'Nuair a bhios bean ri saothair-chloinne, bithidh i fa dhoilgheas, chionn gu bheil a h-uair air teachd: ach an uair a bheireas i'n leanabh, cha chuimhnich i a h-àmhghar ni's mò, tre aoibhneas gu'n d'rugadh duine chum an t-saoghail.

22 Agus a ta nis uime sin doilgheas oirbhe: ach chi mise a ris sibh, agus ni bhur cridhe gairdeachas, agus bhur gairdeachas cha bhuin neach air bith uaibh.

23 Agus air an là sin cha'n fheòraich sibh ni air bith dhìomsa<sup>p</sup>: Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Ge b'e nithe dh'iarras sibh air an Athair ann am ainmse, gu'n tabhair e dhuibh iad.

24 Gus a so cha d'iarr sibh ni air bith a'm' ainmse: iarraidh, agus gheibh sibh, chum as gu'm bi bhur n-aoibhneas làn<sup>r</sup>.

25 Na nithe so labhair mi ribh am briathraibh dorchas<sup>s</sup>: ach thig an uair anns nach labhair mi ni's mò ribh am briathraibh dorchas, ach innsidh mi gu soilleir mu'n Athair dhuibh.

26 Anns an là sin iarraidh sibh a'm' ainmse: agus cha 'n'eil mi 'g ràdh ribh, gu'n guidh mi an t-Athair air bhur son:

27 Oir is toigh leis an Athair féin sibh, air son gu'n d'thug sibh gràdh dhomhsa, agus gu'n do chreid sibh gur ann o Dhia a thainig mi.

28 Thainig mi mach o'n Athair, agus tha mi air teachd chum an t-saoghail: a ris, tha mi fàgail an t-saoghail, agus a' dol chum an Athar.

29 A deir a dheisciobuil ris, Feuch, a nis tha thu labhairt gu soilleir, agus



cha 'n'eil thu labhairt cosamhlachd air bith. *thù dhomhsa iad ; agus choimhid iad t'fhocal.*

30 A nis tha fhios againn gur aithne dhuit na h-uile nithe, agus nach feum thu duine air bith a dh'fheòraich dhiot : air a shon so tha sinn a' creidsinn gur ann o Dhia a thainig thu.

31 Fhreagair Iosa iad, Am bheil sibh a nis a' creidsinn ?

32 Feuch, thig an t-àmt, seadh, tha e cheana air teachd, anns an sgapar o chéile sibh, gach aon g'a ionad féin, agus am fàg sibh mise a'm' aonar : gidheadh cha 'n'eil mise a'm' aonar, oir tha an t-Athair maille rium.

33 Na nithe so labhair mi ribh, chum gu'm biodh sìth agaibh annam-sa. Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh : ach biodh deadh mhiseach agaibh, thug mise buaidh air an t-saoghal.

#### C A I B. XVII.

1 *Tha Crìosd a' deanamh ùrnuigh r'a Athair esan a ghlòrachadh,* 6 *gu'n coimhleadh e abstoil,* 11 *ann an aonachd,* 17 *agus anns an fhìrinn ; &c.*

**L**ABHAIR Iosa na briathra so ; agus thog e suas a shùilean gu nèamh, agus thubhairt e, Athair, thainig an uair ; glòraich do Mhac, chum's gu'n glòraich do Mhac thusa mar an ceudna ;

2 Chum mar a thug thu cumhachd dha air gach feoil, na h-uile a thug thu dha, gu'n d'thugadh esan dhoibh a' bheatha mhaireannach.

3 Agus is i so a' bheatha mhaireannach, eòlas a bhì aca ortsa an t-aon Dia fìor, agus air Iosa Crìosd a chuir thu uait.

4 Ghlòraich mise thusa air talamh : chrìochnaich mi 'n obair a thug thu dhomh r'a dheanamh.

5 Agus a nis, Athair, glòraich thusa mise maille riut féin<sup>u</sup>, leis a' ghlòir a bha agam maille riut mun robh an saoghal ann.

6 Dh'fhoillsich mise t'ainm do na daoineibh a thug thu dhomh as an t-saoghal : bu leatsa iad, agus thug

7 A nis thuig iad gur ann uait a tha na h-uile nithe, a thug thu dhomhsa.

8 Oir thug mi dhoibh na briathran a thug thusa dhomh ; agus ghabh siad iad, agus thuig iad gu fìrinneach gur ann uaitse thainig mi, agus chreid iad gu'n do chuir thu uait mi.

9 Air an sonsan tha mi guidheadh : cha 'n'eil mi guidheadh air son an t-saoghail, ach air son na muinntir sin a thug thu dhomh, oir is leatsa iad.

10 Agus is leatsa na h-uile nithe a's leamsa, agus is leamsa na nithe a's leatsa, agus a ta mi air mo ghlòrachadh anna.

11 Agus a nis cha 'n'eil mise ni's mò anns an t-saoghal, ach a ta iadsan san t-saoghal, agus a ta mise a' teachd a't'ionnsuidhsa. Athair naomha, coimhid iadsan tre t'ainm<sup>a</sup>, a thug thu dhomhsa, chum's gu'm bi iad 'nan aon, mar a ta sinne.

12 Am feadh 's a bha mise maille riu anns an t-saoghal, choimhid mi iad tre t'ainmsa : ghleidh mi a' mhuinntir a thug thu dhomh, agus eha do chailleadh a h-aon diubh, ach mac an sgrios ; chum gu biodh an scriobtuir air a choimhlionadh.

13 Agus a nis tha mi teachd a'd'ionnsuidhsa, agus tha mi labhairt nan nithe so anns an t-saoghal, chum gu'm biodh mo ghairdeachas aca air a choimhlionadh anna.

14 Thug mi t'fhocal dhoibh ; agus thug an saoghal fuath dhoibh, air son nach ann do'n t-saoghal iad, mar nach 'eil mise do'n t-saoghal.

15 Cha 'n'eil mi guidheadh gu'n d'thugadh tu as an t-saoghal iad, ach gu'n coimhleadh tu o'n ole iad.

16 Cha 'n'eil iadsan do'n t-saoghal, mar nach 'eil mise do'n t-saoghal.

17 Naomhaich iad tre'n fhìrinn<sup>b</sup> : is e t'fhocalsa an fhìrinn.

18 Mar a chuir thusa mise chum an t-saoghail, mar sin chuir mise iadsan chum an t-saoghail.

19 Agus air an sonsan tha mise gam' naomhachadh féin, chum's gu'm

<sup>a</sup> an uair. <sup>u</sup> a't' fhianuis. <sup>a</sup> ann ad ainm. <sup>b</sup> tre t'fhìrinn.

bi iadsan mar an ceudna air an naomh-achadh tre'n fhirinn.

20 Agus cha 'n'eil mi guidheadh air an sonsan a mhàin, ach mar an ceudna air son na muinntir sin a chreideas annamsa tre am focalsan :

21 Chum's gu'm bi iad uile 'nan aon; chum mar a ta thusa, Athair, annamsa, agus mise annadsa, gu'm bi iadsan mar an ceudna 'nan aon ann-ainne; chum's gu'n creid an saoghal gu'n do chuir thusa uait mi.

22 Agus thug mise dhoibhsan a' ghlòir a thug thusa dhomhsa, chum's gu'm bi iad 'nan aon, mar a ta sinne 'nar aon;

23 Mise anntasan, agus thusa annamsa, chum's gu'n deanar coimhlionta iad ann an aon, agus a chum gu'm bi fios aig an t-saoghal gu'n do chuir thusa uait mi, agus gu'n do ghràdh-aich thu iadsan, mar a ghràdh-aich thu mise.

24 Athair, is àill leasf an dream a thug thu dhomh, gu'm bi iad maille rium, far am bheil mi; chum's gu faic iad mo ghlòir a thug thu dhomh: oir ghràdh-aich thusa mi mun do leag-adh bunaite an domhain.

25 Athair chothromaich, cha b'aithne do'n t-saoghal thusa; ach b'aithne dhomhsa thu, agus thuig iad so gu'n do chuir thusa uait mi.

26 Agus dh'fhoillsich mise t'ainm dhoibh, agus foillsichidh mi e, chum's gu'm bi an gràdh leis an do ghràdh-aich thu mise, auntas, agus mise anna.

## C A I B. XVIII.

1 *Tha Iudas a' brath Iosa.* 6 *Tha na maoir a' tuiteam air an talamh.* 10 *Tha Peadar a' gearradh cluais Mhalchuis dheth.* 12 *Tha Iosa air a ghlacadh, agus air a thoirt gu Annas agus Caiaphas.* 15 *Aicheadh Pheadair; &c.*

**N**UAIR a labhair Iosa na briathra so, chaidh e maille r'a dheisciobluibh thairis air sruth Ched-roin, far an robh lios, anns an deachaidh e féin agus a dheisciobuil.

2 Agus b'aithne do Iudas, a bhrath esan, an t-àit: oir thainig Iosa gu

tric an sin maille r'a dheisciobluibh.

3 An sin air do Iudas buidheann agus maoir fhaotainn o na h-àrd shagairt agus na Phairisich, thainig e do'n àit sin le leusaibh, agus lòch-ranaibh, agus armaibh.

4 Uime sin air do Iosa fios a bhi aige air na h-uile nithibh a' bha gu teachd air, chaidh e mach, agus thubhairt e riu, Cò tha sibh ag iarraidh?

5 Fhreagair iadsan e, Iosa o Nasaret. A deir Iosa riu, Is mise e. Agus sheas mar an ceudna Iudas, a bhrath esan, maille riu.

6 An sin co luath 's a thubhairt e riu, Is mise e, chaidh iad air an ais, agus thuit iad air an làr.

7 An sin dh'fheòraich e dhiubh a rìs, Cò tha sibh ag iarraidh? Thubhairt iadsan, Iosa o Nasaret.

8 Fhreagair Iosa, Thubhairt mi ribh gur mise e. Uime sin ma's mise tha sibh ag iarraidh, leigibh leo sin falbh:

9 Chum gu'n coimhliontadh am focal a labhair e, An dream a thug thu dhomh, cha do chaill mi aon diubh.

10 An sin air do Shimon Peadar claidheamh a bhi aige, tharruing se e, agus bhuail e òglach an àrd shagairt, agus ghearr e a' chluas dheas deth. Agus b'e ainm an òglaich Malchus.

11 An sin thubhairt Iosa ri Peadar, Cuir do chladheamh san truail: an cupan a thug m' Athair dhomhsa, nach òl mi e?

12 An sin rug a' bhuidheann, agus an ceannard, agus maoir nan Iudhach air Iosa, agus cheangail iad e.

13 Agus thug iad leo e air tùs gu Annas (oir b'esan athair-céile Chaiaphais, a bha 'na àrd shagart air a' bhliadhna sin.)

14 A nis b'e Caiaphas a thug comhairle do na h-Iudhachaibh, gu'm b'iomchuidh gu'm faigh-eadh aon duine bàs air son an t-sluaigh.

15 Agus lean Simon Peadar agus deisciobul eile Iosa. B'aithne do'n àrd shagart an deisciobul sin, agus



chaidh e steach maille ri h-Iosa do chùirt an àrd shagairt.

16 Ach sheas Peadar aig an doruis an leth muigh. Uime sin chaidh an deisciobul sin eile a b'aithne do'n àrd shagart a mach, agus labhair e ris a' bhan-dorsair, agus thug e Peadar a steach.

17 An sin thubhairt a' bhan-oglach a bha gleidheadh an doruis ri Peadar, Nach ann do dheisciobluibh an duine so thusa mar an ceudna? thubhairt esan, Cha'n ann.

18 Agus bha na seirbhisich agus na maoir 'nan seasamh, air dhoibh teine guail a chur suas, oir bha'm fuachd ann, agus bha iad 'gan garadh féin: agus bha Peadar 'na sheasamh maille riu, agus 'ga gharadh féin.

19 An sin dh'fhiosraich an t-àrd shagart do Iosa mu thimchioll a theagaisg.

20 Fhreagair Iosa e, Labhair mise os àird ris an t-saoghal; theagaisg mi a ghnàth anns an t-sionagog, agus anns an teampull, far am bheil na h-Iudhaich a' cruinneachadh as gach àit, agus am folach cha do labhair mi ni air bith.

21 C'ar son a ta thu fiosrachadh dhiomsa? Fiosraich dhiubhsan a chuala, ciod a thubhairt mi riu: feuch, a ta fhios acasan ciod a thubhairt mi.

22 Agus an uair a thubhairt e na nithe so, bhuail aon do na maoraibh, a bha 'na sheasamh a làthair, a bhas air Iosa, ag ràdh, An ann mar so a fhreagras tu an t-àrd shagart?

23 Fhreagair Iosa e, Ma labhair mi gu h-olc, dean fianuis air an olc; ach ma's ann gu maith, c'ar son a ta thu ga m' bhualadh?

24 (A nis chuir Annas e' ceangailte gu Caiaphas an t-àrd shagart.)

25 Agus bha Simon Peadar 'na sheasamh agus 'ga gharadh: Uime sin thubhairt iad ris, Nach aon d'a dheisciobluibh thusa mar an ceudna? Dh'àicheadh esan, agus thubhairt e, Cha mhi.

26 Thubhairt aon do sheirbhisich an àrd shagairt, (caraid do'n fhear do'n ghearr Peadar a chluas,) Nach faca mise thu san lios maille ris?

27 An sin dh'àicheadh Peadar a ris, agus air ball ghoir an coileach.

28 An sin thug iad Iosa o Chaiaphàs gu àit a' bhreitheanais: agus b'i mhaduinn a bh'ann, agus cha deachaidh iad féin dó àit a' bhreitheanais, chum's nach biodh iad air an salachadh; ach gu'n itheadh iad a' chàisg.

29 An sin chaidh Pilat a mach d'an ionnsuidhsan, agus thubhairt e, Ciod a' chasaid a tha sibh a' toirt an aghaidh an duine so?

30 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad ris, Mur b'fhear droch-bheirt e, cha d'thugamaid thairis dbuitse e.

31 An sin thubhairt Pilat riu, Gabhaibhse e, agus thugaibh breth air a réir bhur lagha féin. An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, Cha 'n'eil e ceaduichte dhuinne neach air bith a chur gu bàs:

32 Chum gu'm biodh focal Iosa air a choimhlionadh, a labhair e, a' ciallachadh ciod a ghnè bàis a bha e gu fhaotainn.

33 An sin chaidh Pilat a steach a ris do àit a' bhreitheanais, agus ghairm e Iosa, agus thubhairt e ris, An tusa Rìgh nan Iudhach?

34 Fhreagair Iosa e, Am bheil thu 'g ràdh so uait féin, no an d'innis daoine eile dhuite a m' thimchiollsa?

35 Fhreagair Pilat, An Iudhach mise? Thug do chinneach féin, agus na h-àrd shagairt thairis dhomhsa thu: ciod a rinn thu?

36 Fhreagair Iosa, Cha'n ann do'n t-saoghalsa tha mo rioghachd sa: nam b'ann do'n t-saoghalsa bhiodh mo rioghachd, dheanadh mo sheirbhisich cogadh, chum nach d'thugta thairis do na h-Iudhachaibh mi: ach a nis cha n ann o so a ta mo rioghachd.

37 Air an aobhar sin thubhairt Pilat ris, An rìgh thu ma seadh? Fhreagair Iosa, A deir thusa gur rìgh mi. 'S ann chum na crìche so a rugadh mi, agus chum na crìche so thainig mi do'n t-saoghal, chum's gu'n deanainn fianuis do'n Fhìrinn. Gach neach a ta air taobh na fìrinn, éisidh e ri m' ghuthsa.

38 Thubhairt Pilat ris, Ciod i an fhìrinn? Agus air dha so a ràdh,

chaidh e mach a rìs chum nan Iudhach, agus a deir e riu, Cha 'n'eil mise a' faotainn coire air bith ann.

39 Ach a ta gnàth agaibhse, gu'n leiginn as duine dhuibh air a' chàisg: uime sin an àill libh mi a leigeadh rìgh nan Iudhach fa sgaoil duibh?

40 An sin ghlaodh iadsan uiled, ag ràdh, Cha'n e an duine so, ach Barabas. A nis b'fhear-reubainn Barabas.

## C A I B. XIX.

1 *Tha Crìosd air a sgiùrsadh, air a chrùnadh le droighinn, agus air a bhualadh.* 4 *Tha Pilat togarrach a leigeadh fa sgaoil, ach air dha bhi air aomadh le gàraich nan Iudhach, thug e thairis e gu bhi air a cheusadh.* 23 *Tha iad a' tilgeadh chrann air eudach:* 26 *Tha e ag earbsadh a mhàthar ri Eoin:* 28 *A' faghail a' bhàis: &c.*

**A**N sin air an aobhar sin ghlac Pilat Iosa, agus sgiùrs se e.

2 Agus dh'fhigh na saighdearan crùn droighinn, agus chuir iad air a cheann e, agus chuir iad falluing phurpuir<sup>e</sup> uime,

3 Agus thubhairt iad, Fàilt' ort, a rìgh nan Iudhach: agus bhuail iad le'm basaibh e.

4 An sin chaidh Pilat a mach a rìs, agus a deir e riu, Feuch, a ta mise 'ga thoirt a mach d'ar ionnsuidh, chum's gu'm bi fios agaibh nach 'eil mise faotainn coire sam bith ann.

5 An sin thainig Iosa mach, agus an crùn droighinn air, agus an fhalluing phurpuir uime. Agus a deir Pilat riu, Feuch an duine.

6 Uime sin an uair a chunnaic na h-àrd shagairt agus na maoir e, ghlaodh iad, ag ràdh, Ceus e, ceus e. A deir Pilat riu, Gabhaibhse e, agus ceusaibh e: oir cha 'n'eil mise a' faotainn coire sam bith ann.

7 Fhreagair na h-Iudhaich e, Tha lagh againne, agus a réir ar laghane is còir a chur gu bàs, air son gu'n d'rinn e Mac Dhé dheth féin.

8 Uime sin an uair a chuala Pilat a' chainnt sin, bu mhòid a bha dh'eagal air;

9 Agus chaidh e steach a rìs a dh'àit a' bhreitheanaìs, agus a deir e ri h-Iosa, Cia as duit? ach cha d'thug Iosa freagradh air.

10 An sin a deir Pilat ris, Nach labhair thu riumsa? nach 'eil fhios agad gu bheil cumhachd agamsa do cheusadh, agus gu bheil cumhachd agam do chur fa sgaoil?

11 Fhreagair Iosa, Cha bhiodh cumhachd air bith agad a'm' aghaidhse, mur d'thugta dhuit o'n àird e: air an aobhar sin an ti a thug mise thairis dhuit, tha aìge-san am peacadh a's mò.

12 Agus o sin suas dh'iarr Pilat a chur fa sgaoil: ach ghlaodh na h-Iudhaich, ag ràdh, Ma leigeas tu 'm fear so fa sgaoil, cha charaid do Cheasar thu: ge b'e neach a ta 'ga dheanamh féin 'na rìgh, tha e labhairt an aghaidh Cheasair.

13 Uime sin an uair a chuala Pilat a' chainnt sin, thug e mach Iosa, agus shuidh e air a' chaithir-bhreitheanaìs, anns an ionad d'an goirear an Leac-ùrlar, ach anns an Eabhraf, Gabata.

14 Agus b'e là-ulluchaidh na càisge e, agus mu thimchioll na seathadh uaire: agus a deir e ris na h-Iudhachaibh, Feuch bhur rìgh.

15 Ach ghlaoth iadsan a mach, Beir uainn, beir uainn, ceus e. A deir Pilat riu, An ceus mi bhur rìghse? Fhreagair na h-àrd shagairt, Cha 'n'eil rìgh againne ach Ceasar.

16 An sin air an aobhar sin thug e thairis dhoibh e, gu bhi air a cheusadh. Agus ghlac iad Iosa, agus thug iad leo e.

17 Agus chaidh e mach, a' giùlan a chrann-ceusaidh, do'n ionad d'an goirear àit a' chloiginn, d'an ainm san Eabhra, Golgota.

18 An sin cheus iad e, agus dithis eile maille ris, fear air gach taobh, agus Iosa sa' mheadhon.

19 Agus scriobh Pilat mar an ceudna tiodal, agus chuir e air a' chrann-cheusaidh e. Agus b'e an scriobhadh, IOSA O NASARET RÌGH NAN IUDHACH.

20 Uime sin leugh mòran do na



h-Iudhachaibh an tìodal so: oir bha'n t-àit anns an do cheusadh Iosa fagus do'n bhaile: agus bha an sgrìobhadh an Eabhra, an Greugais, agus an Laidin.

21 An sin thubhairt àrd shagairt nan Iudhach ri Pilat, Na sgrìobh, Rìgh nan Iudhach; ach gu'n dubhairt e féin, Is mi rìgh nan Iudhach.

22 Fhreagair Pilat, An nì a sgrìobh mi, sgrìobh mi e.

23 An sin an uair a cheus na saighdearan Iosa, ghlac iad a thruscan (agus rinn iad ceithir earrannan, earrann do gach saighdear) agus a chòta mar an ceudna: agus bha'n còta gun fhuaisgheal, air fhigheadh o bhràigh sìos gu h-ìomlan.

24 Thubhairt iad uime sin eatorra féin, Na reubamaid e, ach tilgeamaid croinn air, cò aig a bhitheas e: chum gu'n coimhliontadh an sgrìobtuir, a deir, Roinn iad mo thruscan eatorra, agus thilg iad croinn air mo bhrat. Air an aobhar sin rinn na saighdearan na nithe so.

25 A nis sheas làimh ri crann-ceusaidh Iosa, a mhàthair agus piuthar a mhàthar, Muire bean Chleophaïs, agus Muire Magdalen.

26 Uime sin an uair a chunnaic Iosa a mhàthair, agus an deisciobul a b'ionmhuinn leis 'na sheasamh a làthair, thubhairt e r'a mhàthair, A bhean, feuch do mhac.

27 An sin a deir e ris an deisciobul, Feuch do mhàthair. Agus o'n àm sin a mach thug an deisciobul *sin* leis i d'a thigh féin.

28 An dèigh so air do Iosa fios a bhi aige gu'n robh na h-uile nithe a nis air an crìochnachadh, chum gu'n coimhliontadh an sgrìobtuir, a deir e, Tha tart orm.

29 A nis bha an sin sòitheach làn do fhion geur: agus air dhoibhsan spong a lìonadh do'n fhion gheur, agus a chur air hisop, shìn iad chum a bheoil e.

30 An sin an uair a ghabh Iosa am fion geur, thubhairt e, Tha e crìochnaichte: agus air cromadh a chinn da, thug e suas a spiorad.

31 An sin chum nach fanadh an cuirp air a' chrann-ceusaidh air an t-sàbaid, a chionn gu'm b'e là an ulluchaidh a bha ann (oir bu latha mòr an latha sàbaid sin) dh'iarr na h-Iudhaich air Pilat gu'n rachadh an luirgne a bhriseadh, agus gu'n d'thugtadh air falbh iad.

32 An sin thainig na saighdearan, agus bhris iad luirgne a' cheud fhir, agus luirgne an fhir eile, a cheusadh maille ris.

33 Ach air dhoibh teachd chum Iosa, an uair a chunnaic iad gu'n robh e cheana marbh, cha do bhris iad a luirgnesan.

34 Ach lot fear do na saighdearaibh a thaobh le sleagh, agus air ball thainig a mach fuil agus uisge.

35 Agus thug an tì a chunnaic *sin* fianuis, agus a ta fhianuis firinneach: agus a ta fhios aige gu bheil e labhairt na firinn, chum gu'n creideadh sibhse.

36 Oir rinneadh na nithe so chum gu'n coimhliontadh an sgrìobtuir, Cha bhrisear cnàimh dheth.

37 Agus a ris a deir sgrìobtuir eile, Amhaircidh iad airsan a lot iad.

38 'Na dhéigh so, dh'iarr Ioseph o Arimatea (a bha 'na dheisciobul aig Iosa, ach am folach air eagal nan Iudhach) air Pilat comas corp Iosa a thoirt leis: agus leig Pilat *sin* leis: Thainig e air an aobhar sin, agus thug e leis corp Iosa.

39 Thainig mar an ceudna Nicodemus (a thainig air tùs gu Iosa san oidhche) agus thug e leis mu thimchioll ceud pund do mhirr agus do aloes air am measgadh feadh a chéile.

40 An sin ghabh iad corp Iosa, agus cheangail iad e ann an lion-eudaichibh, maille ris an spìosraidh, mar is gnàth leis na h-Iudhachaibh adhlac a dheanamh.

41 A nis bha lios anns an àit an do cheusadh e; agus anns an lios uaigh nuadh, anns nach do chuireadh aon duine riamh.

42 Air an aobhar sin air son ulluchaidh càisge nan Iudhach, do bhrìgh gu'n robh an uaigh am fagus, chuir iad Iosa an sin.

§ shàth iad trid.

h phaisg.

i maille ris na luibhibh cùbhraidh.

l spìosraidh chur air corp; embalm. Sasg.

## C A I B. XX.

1 *Tha Muire teachd a chum na h-uaighe; 3 agus Peadar agus Eoin, agus iad gun fhios aca air aiseirigh-san. 11 Dh'fhoillsicheadh Criosd do Mhuire Magdalen, 19 agus d'a dheiscioblubh. 24 Michreidimh agus aidmheil Thomais, &c.*

**A**IR a' cheud là do'n t-seachduin thainig Muire Magdalen gu moch, agus an dorchadas fathast ann, chum na h-uaighe, agus chunnaic i a' chlach air a togail o'n uaigh.

2 Ruith i an sin, agus thainig i gu Simon Peadar, agus gus an deisciobul eile a b'ionmhuinn le h-Iosa, agus a deir i riu, Thug iad leo an Tighearn as an uaigh, agus cha 'n'eil fhios againn c'ait an do chuir iad e.

3 Uime sin chaidh Peadar a mach, agus an deisciobul sin eile, agus thainig iad chum na h-uaighe.

4 Agus ruith iad 'nan dithis maraon : agus ruith an deisciobul eile ni bu luaithe na Peadar, agus thainig e air tùs chum na h-uaighe.

5 Agus air cromadh sìos da, chunnaic e 'n lìon-eudach 'na luidhe; gidheadh cha deachaidh e steach.

6 An sin thainig Simon Peadar 'ga leantuinn, agus chaidh e steach do'n uaigh <sup>m</sup>, agus chunnaic e 'n lìon-eudach 'na luidhe;

7 Agus an neapaicin a bha m'a cheann, cha'n ann 'na luidhe maille ris an lìon-eudach, ach air leth air fhilleadh ann an aon àit.

8 An sin chaidh a steach mar an ceudna an deisciobul sin eile a thainig air tùs chum na h-uaighe, agus chunnaic, agus chreid e.

9 Oir cha do thuig iad fathast an scriobtuir, gu'm b'èigin gu'n éireadh e san a ris o na marbhaibh.

10 An sin dh'imich na deisciobuil a ris chum an cuideachd féin.

11 Ach sheas Muire aig an uaigh a muigh, a' gul : agus ag gul dith, chrom i sìos, ag amharc a steach do'n uaigh,

12 Agus chunnaic i dà aingeal ann an culaidhìbh geala, 'nan suidhe, fear aig a' cheann, agus fear aig na

cosaibh, san àit an robh corp Iosa 'na luidhe;

13 Agus a deir iadsan rithe, A bhean, c'ar son a ta thu gul? A deir i riu, Air son gu'n d'thug iad mo Thighearn leo, agus nach 'eil fhios againn c'ait an do chuir iad e.

14 Agus an uair a thubhairt i so, phill i air a h-ais, agus chunnaic i Iosa 'na sheasamh, agus cha d'aithnich i gu'm b'e Iosa bha ann.

15 A deir Iosa rithe, A bhean, c'ar son a ta thu gul? cò ta thu 'g iarraidh? air saolsinn d'ise gu'm b'e an gàradair a bh'ann, a deir i ris, A thighearn, ma thug thusa leat e, innis dhomhsa c'ait an do chuir thu e, agus bheir mise leam e.

16 A deir Iosa rithe, A Mhuire. Air tionndadh dh'ise, thubhairt i ris, Rabboni, 'se sin r'a ràdh, A Mhaighstir.

17 A deir Iosa rithe, Na bean rium : oir cha deachaidh mi fathast suas chum m' Athar : ach imich chum mo bhràithre, agus abair riu, Tha mise dol suas chum m' Athar féin agus bhur n-Atharsa, agus chum mo Dhé féin agus bhur Dé-se.

18 Thainig Muire Magdalen agus dh'innis i do na deiscioblubh, gu'm fac i 'n Tighearn, agus gu'n dubhairt e na nithe so rithe.

19 Agus air teachd do'n fheasgar an là sin féin, air a' cheud là do'n t-seachduin, agus na dorsa dùinte far an robh na deisciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thainig Iosa agus sheas e sa' mheadhon, agus a deir e riu, Sìth dhuibh.

20 Agus air dha so a ràdh, nochd e dhoibh a làmhnan agus a thaobh. Air sin bha aoibhneas air na deiscioblubh an uair a chunnaic iad an Tighearn.

21 An sin Thubhairt Iosa riu a ris, Sìth dhuibh : mar a chuir an t-Athair uaith mise, mar sin a ta mise 'gar cursa uam.

22 Agus air dha so a ràdh, shéid e orra, agus a deir e riu, Gabhaibhse an Spiorad naomh.

23 Cò air bith iad d'am maith sibh am peacaidh, tha iad maithte dhoibh; agus cò air bith iad d'an cum sibh am



peacaidh gun am maitheamh, tha iad air an cumail.

24 Ach cha robh Tomas, aon do'n dà fhear dheug, d'an goirear Didimus, maille riu 'nuair a thainig Iosa.

25 Uime sin thubhairt na deisciobuil eile ris, Chunnaic sinne an Tighearn. Ach thubhairt esan riu, Mur faic mise aileadh<sup>n</sup> nan tairngean 'na làmhaidh, agus mur cuir mi mo mheur ann an aileadh nan tairngean, agus mur cuir mi mo làmh 'na thaobh, cha chreid mi.

26 Agus an ceann ochd làithean 'na dhéigh sin, bha a dheisciobuil a ris a stigh, agus Tomas maille riu: thainig Iosa, agus na dorsa dùinte, agus sheas e sa' mheadhon, agus thubhairt e, Sìth dhuibh.

27 'Na dhéigh sin a deir e ri Tomas, Cuir an so do mheur, agus feuch mo làmh an; agus sin an so do làmh, agus cuir a'm' thaobh i: agus na bi mi-chreideach, ach creideach.

28 Agus fhreagair Tomas, agus thubhairt e ris, Mo Thighearn agus mo Dhia.

29 A deir Iosa ris, Air sòn gu faça tu mi, a Thomais, chreid thu: is beannuichte iadsan nach faça, agus a chreid.

30 Agus rinn Iosa gu fìrinneach mòran do mhòrbhuilbh eile am fianuis a dheisciobuil, nach 'eil scrìobhta san leabhar so.

31 Ach tha iad so scrìobhta chum gu'n creideadh sibh gur e Iosa an Crìosd Mac Dhé, agus ag creidsinn duibh, gu'm biodh agaibh beatha trìd ainmsan.

### C A I B. XXI.

1 Tha Crìosd 'ga fhoillseachadh féin a ris d'a dheisciobluibh, agus air aithneachadh leo leis an tarruing mhòr éisg: 12 Tha e gabhail a dhèineir maille riu; 15 a' toirt sparraidh do Phèadar uain agus a chaoraich a bhiadhadh; 18 a' roimh-innseadh a bhàis dha, 22 'ga chronachadh air son a thograidh air fìos fhaotainn mu bhàs Eoin. 25 Comh-dhùinadh an leabhair.

**A** N déigh nan nithe sin dh'fhoillsich Iosa e féin a ris d'a dheis-

ciobluibh aig muir Thiberias; agus air an dòigh so nochd se e féin;

2 Bha maille r'a chéile Simon Pèadar, agus Tomas d'an goirear Didimus, agus Natanael o Chana Ghalile, agus mic Shebede, agus dithis eile d'a dheisciobluibh.

3 A deir Simon Pèadar riu, Tha mi dol a dh'iasgach. A deir iadsan ris, Tha sinne a' dol maille riut. Dh'imich iad a mach, agus chaidh iad a steach do luing air ball; agus cha do ghlac iad nì air bith an oidhe sin.

4 Ach an uair a bha a' mhaduinn a nis air teachd, sheas Iosa air an tràigh<sup>o</sup>: gidheadh cha robh fhios aig na deisciobluibh gu'm b'e Iosa bha ann.

5 An sin a deir Iosa riu, A chlann, am bheil biadh air bith agaibh? Fhreagair iadsan e, Cha 'n'eil.

6 Agus thubhairt esan riu, Tilgibh an lìon air an taobh deas do'n luing, agus gheibh sibh. Thilg iad uime sin, agus a nis cha b'urrainn iad a tharruing air son lìonmhoireachd an éisg.

7 Uime sin a deir an deisciobuil sin a b'ionmhuinn le Iosa, ri Pèadar, 'Se 'n Tighearn a ta ann. A nis an uair a chuala Simon Pèadar gur e 'n Tighearn a bh'ann, cheangail e a chòt-uachdair uime, (oir bha e lom-nochd) agus thilg se e féin sa' mhuir.

8 Thainig na deisciobuil eile ann an luing bhig (oir cha robh iad fada o tìr, ach mu thionchio'll dà cheud lamh-choille<sup>p</sup>) a' tarruing an lìn éisg.

9 Uime sin an uair a thainig iad air tìr, chunnaic iad grìosach an sin, agus iasg air a chur oirre, agus aran.

10 A deir Iosa riu, Thugaibh an so do'n iasg a ghlac sibh a nis.

11 Chaidh Simon Pèadar suas, agus tharruing e 'n lìon gu tìr, làn do iasgaibh mòra, ceud agus leth-cheud agus trì: agus ge do bha 'n uiread sin ann, cha do bhriseadh an lìon.

12 A deir Iosa riu, Thigibh, gabhaibh bhur dìnnear. Agus cha robh a chridh<sup>r</sup> aig a h-aon do na deisciobluibh fheadhaich dheth, Cò

<sup>n</sup> lorg, àit.

<sup>o</sup> a' chladach.

<sup>p</sup> bann-lamh.

<sup>r</sup> mhìsrich.

thusa? oir dh'aithnich iad gur e'n Tighearn a bha ann.

15 An sin thainig Iosa, agus ghlac e aran, agus thug e dhoibh e, agus iasg mar an ceudna.

14 'Si so a nis an treas uair a nochd Iosa e féin d'a dheisciobluibh, an déigh dha éirigh o na marbhaibh.

15 An sin an déigh dhoibh an dinn-eir a ghabhail, a deir Iosa ri Simon Peadar, A Shimoin *mhic* Ionais, an bheil barrachd gràidh agad dhomhsa orra sin? A deir e ris, Tha, a Thighearn; tha fios agad gur toigh leam thu. A deir esan ris, Beathaich m'uain.

16 A deir e ris a ris an dara uair, A Shimoin *mhic* Ionais, an toigh leat mise? A deir e ris, Seadh, a Thighearn; tha fios agad gur toigh leam thu. A deir e ris, Beathaich mo ehaoraich<sup>s</sup>.

17 A deir e ris an treas uair, A Shimoin *mhic* Ionais, an toigh leat mise? Bha Peadar doilich a chionn gu'n dubhairt e ris an treas uair, An toigh leat mise? Agus thubhairt e ris, A Thighearn, is aithne dhiut na h-uile nithe; tha fhios agad gur toigh leam thu. A deir Iosa ris, Beathaich mo chaoraich.

18 Gu deimhin deimhin a deirim riut, an uair a bha thu òg, chriosraich thu thu féin, agus dh'imich thu'n taobh bu mhiann leat: ach an uair a bhios tu aosmhor, sìnidh tu mach

do làmhan, agus criosraichidh neach eile thu, agus bheir e *thu* 'n taobh nach àill leat.

19 So thubhairt e, a' ciallachadh ciod a' ghnè bàis leis an d'thugadh e glòir do Dhia. Agus air dha so a ràdh, a dèir e ris, Lean mise.

20 An sin air do Pheadar tionndadh, chunnaic e an deisciobul a b'ion-mhuinn le Iosa, a' leantuinn; an ti mar an ceudna a luidh air uchd Iosa air a shuipeir, agus a thubhairt ris, A Thighearn, cò e a bhrathas thu?

21 Air do Pheadar esan fhaicinn, thubhairt e ri h-Iosa, A Thighearn, ciod a ni 'm fear so?

22 A deir Iosa ris, Ma's àill leamsa e dh'fhantuinn gus an d'thig mi, ciod e sin duitse? Leansa mise.

23 Uime sin chaidh an ràdh so mach am measg nam bràithre, nach faigheadh an deisciobul sin bàs: gidheadh cha dubhairt Iosa ris, nach faigheadh e bàs: ach, Ma's i mo thoilse e dh'fhantuinn gus an d'thig mi, ciod e sin duitse?

24 'Se so an deisciobul a ta deanamh fianuis air na nithibh so, agus a' scriobh na nithe so: agus a ta fhios againne gu bheil fhianuis fìor.

25 Agus a ta mar an ceudna mòran do nithibh eile a rinn Iosa, agus nam biodh iad uile scriobhta, 's i mo bharail nach cumadh an saoghal féin na rachadh a scriobhadh do leabhuibh. Amen.

## GNIOMHARA NAN ABSTOL.

### C A I B. I.

1 Dol suas Iosa gu nèamh, 10 An déigh a dhol suas tha dà aingeal a' toirt rabhaidh do na h-abstolaibh iad a dh'imeachd rompa, agus a shocrachadh an inntinn air ath-theachd-san: 12 a réir sin tha iad a' pill-tinn, agus a' deanamh ùrnuigh, agus

a' taghadh Mhatiais 'na Abstol an àit Iudaïs.

**R**INN mi an ceud leabhar, a Theophiluis, mu thimchioll nan uile nithe a thionnsgain<sup>t</sup> Iosa a dheanamh agus a theagasg,

2 Gus an là an do thogadh suas e, an déigh dha, trid an Spioraid Naoimh,

<sup>s</sup> bi d'aodhaire air mo chaoraich. <sup>t</sup> thòisich.



àitheantan a thabhairt do na h-abstol-  
aibh a thag e :

5 D'an d'rinn e mar an ceudna e  
féin a nochdadh beo an déigh fhul-  
angais, le mòran do chomharaibh fir-  
inneach, air dha bhi air fhaicinn leo  
feadh dhà fhichead latha, agus e labh-  
airt mu na nithibh sin a bhuineadh  
do rìoghachd Dhé :

4 Agus air dha bhi maille riu,  
dh'àithn e dhoibh gun iad a dhol o  
Hierusalem, ach feitheamh ri geall-  
adh an Athar, *ars' esan*, a chuala sibh  
uamsa.

5 Oir bhaist Eoin gu deimhin le  
uisge : ach baistear sibhse leis an  
Spiorad naomh, air bheag do làithibh  
an déigh so.

6 Uime sin air cruinneachadh  
dhoibh an ceann a chéile, dh'fheòr-  
aich iad deth, ag ràdh, A Thighearn,  
an aigis thu san àm so an rìoghachd  
do Israel?

7 Ach thubhairt esan riu, Cha  
bhuin e dhuibhse fios nan aimsir no  
nan àm fhaotainn, a chuir an t-Ath-  
air 'na chumbachd féin.

8 Ach gheibh sibhse cumhachd an  
uair a thig an Spiorad naomh oirbh :  
agus bithidh sibh 'nar fianuisibh  
dhomhsa, araon ann an Ierusalem,  
agus ann an Iudea uile, agus ann an  
Samaria, agus gu iomall na tal-  
mhaoin.

9 Agus an uair a thubhairt e na  
nithe so, thogadh suas e, agus iadsan  
'ga fhaicinn, agus thug neul as an  
sealladh e.

10 Agus am feadh a bha iadsan a'  
geur-amharc gu nèamh, agus esan a'  
dol suas, feuch, sheas dìthis fhear  
làimh riu ann an eudach geal ;

11 Agus thubhairt iad, Fheara  
Ghalile, c'ar son a ta sibh 'nar seas-  
amh ag amharc gu nèamh ? An t-Iosa  
so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is  
amhuil sin a thig e, mar a chunnaic  
sibh e a' dol gu nèamh.

12 An sin phill iad gu Hierusa-  
lem, o'n t-sliabh d'an goirear *sliabh*  
nan crann-ola, a tha'm fagus do  
Hierusalem, astar latha sàbaid as.

13 Agus an uair a thainig iad a  
stigh, chaidh iad suas do sheomar

uachdarach, far an robh a' fantuinn  
Peadar, agus Seumas, agus Eoin,  
agus Aindreas, Philip, agus Tomas,  
Bartolomeus, agus Mata, Seumas *mac*  
Alpheus, agus Simon Selotes, agus  
Iudas bràthair Sheumais.

14 Bhuanaich iad so uile a dh'aon  
inntinn ann an ùrnuigh [agus an  
guidhe,] maille ris na mnaibh, agus  
Muire màthair Iosa, agus maille r'a  
bhràithribh.

15 Agus anns na làithibh sin dh'éir-  
ich Peadar ann am meadhon nan  
deisciobul, agus thubhairt e, (b'e àir-  
eamh nan ainm a bha làthair, mu  
thimchioll ceud agus fichead.)

16 Fheara agus a bhràithre, b'éig-  
in an scriobtuir so bhi air a choimh-  
lionadh, a roimh-labhair an Spiorad  
naomh le beul Dhaibhidh timchioll  
Iudais, a bha 'na cheann-iuil<sup>u</sup> aca-  
san a ghlac Iosa.

17 Oir bha e air àireamh maille  
ruinne, agus fhuaire cuibhrionn do'n  
fhrìthealadh so.

18 A nis cheannaich am fear so  
fearann le duais na h-eùcorach ; agus  
air dha tuiteam sìos air aghaidh<sup>a</sup>,  
sgàin e sa' mheadhon, agus bhrùchd  
a mhionach uile mach.

19 Agus rinneadh so aithnichte do  
luchd-àiteachaidh Ierusalem uile ;  
air chor as gu'n goirear do'n fhear-  
ann sin 'nan cainnt féin, Aceldama,  
sin ri ràdh, Fearann fola.

20 Oir a ta e scriobhta ann an  
leabhar nan Salm, Biodh àite-còmh-  
nuidh 'na fhàsach, agus na gabhadh  
neach sam bith tàmh ann : agus,  
Glacadh neach eile a dhreuchd<sup>b</sup>.

21 Air an aobhar sin is còir aon  
do na daoineibh sin a bha maille ruinne,  
rè na h-aimsire sin uile anns an deach-  
aidh an Tighearn Iosa steach agus  
a mach 'nar measghe,

22 A' toiseachadh o bhaisteadh  
Eoin, gus an là an do thogadh suas  
uainn e, bhi air a dheanamh 'na fhian-  
uis air aiseirigh-san maille ruinne.

23 Agus shonraich iad dìthis, Io-  
seph d'an goirear Barsabas, d'am bu  
chomh-ainm Iustus, agus Matias.

24 Agus air deanamh ùrnuigh  
dhoibh, thubhairt iad, Thusa a Thigh-

earn, d'an aithne cridheacha nan uile dhaoine, foillsich cò do'n dithis<sup>c</sup> so a thagh thu,

25 A ghabhail cuibhrrinn do'n flirithealadh agus do'n abstolachd so, o'n do thuit Iudas le seachran<sup>c</sup>, gu dol g'a àit féin.

26 Agus thilg iad an crannchur; agus thuit an crannchur air Matias, agus bha e air àireamh maille ris an aon abstol deug.

## C A I B. II.

1 Tha na h-abstoil air an lìonadh leis an Spiorad naomh, agus a' labhairt iomadh gnè cainnte; tha cuid a' gabhail iongantais riu, agus cuid eile a' fanoid orra: 14 Tha Peadar, chum a' bhreug a dheanamh d'am barailsan, a' nochdadh gu'n do labhair na h-abstoil le cumhachd an Spioraid naoimh, gu'n déirich Criosd o na marbhaibh, gu'n deachaidh e suas air nèamh; &c.

**A**GUS an uair a thainig là na cuingis<sup>d</sup>, bha iad gu léir a dh'aon inntinn ann an aon àit.

2 Agus thainig gu h-obann toirm o nèamh, mar shéideadh gaoithe ro thréin, agus lìon i an tigh uile far an robh iad nan suidhe.

3 Agus dh'fhoillsicheadh dhoibh teanganna sgoilte, mar do theine, agus shuidh e air gach aon diubh fa leth:

4 Agus lìonadh iad uile leis an Spiorad naomh, agus thòisich iad air labhairt le teangaibh eile, a réir mar a thug an Spiorad comas labhairt dhoibh.

5 Agus bha a' gabhail còmhnuidh ann an Ierusalem, Iudhaich, daoine cràbhach, do gach uile chinneach fuidh nèamh.

6 A nis an uair a sgaoileadh an t-lomradh so, thainig an sluagh an ceann a chéile, agus bha iad fuidh ambluadh, do bhrìgh gu'n cuala gach aon iad a' labhairt 'nan cànan<sup>e</sup> féin.

7 Agus bha iad uile fuidh uamhas agus ghabh iad iongantas, ag ràdh r'a chéile, Feuch, nach Galiléich iad sin uile a ta labhairt?

8 Agus cionnus a ta sinne 'gan

cluinntinn gach aon 'nar cànan féin, anns an d'rugadh sinn?

9 Partuich, agus Medich, agus Elamuich, agus luchd-àiteachaidh Mhesopotamia, Iudea, agus Chaphadocia, Phontuis, agus Asia,

10 Phrìgia, agus Phamphilia, na h-Eiphit, agus chrìoch na Libia timchioll Chirene, agus coigrich o'n Ròimh, Iudhaich agus Proselitich<sup>f</sup>,

11 Muinntir Chrete, agus Arabia, tha sinn 'gan cluinntinn a' labhairt 'nar teangaibh féin gnìomhara mòral-acha Dhé.

12 Agus bha iad uile fuidh uamhas, agus ann an ioma-chomhairle, ag ràdh gach aon r'a chéile, Cìod is ciall da so?

13 Ach thubhairt droing eile a' fanoid, Tha na daoine so làn do fhion ùr.

14 Ach air seasamh do Pheadar maille ris an aon fhear deug, thog e a ghuth, agus thubhairt e riu, Fheara Iudea, agus sibhse uile a luchd-àiteachaidh Ierusalem, biodh fios so agaibh, agus éisdibh ri m' bhriathraibhse:

15 Oir cha 'n'eil iad so air mhisg, mar a ta sibhs' a' meas, oir is i an treas uair do'n là<sup>g</sup> a ta ann.

16 Ach is e so an ni a dubhradh leis an fhàidh Ioel:

17 Agus tarlaidh<sup>h</sup> anns na làithibh deireannach, (arsa Dia) dòirtidh mise do m' Spiorad air gach uile fheoil; agus ni bhur mic agus bhur nigheana fàidheadaireachd, agus chi bhur n-òganaich seallanna, agus brudaraidh bhur seann daoine brudaran<sup>h</sup>:

18 Agus dòirtidh mise air m'òglachaibh, agus air mo bhan-òglachaibh do m' Spiorad anns na làithibh sin, agus ni iad fàidheadaireachd:

19 Agus nochdaidh mise iongantais anns na nèamhaibh shuas, agus comharan air an talamh shìos; fuil, agus teine, agus duibhneul deataich.

20 Iompoichear a' ghrian gu dorchadas, agus a' ghealach gu fuil, mun d'thig latha mòr agus comhar- aichte sin an Tighearna.

<sup>c</sup> a dh'fhàg Iudas. <sup>d</sup> an uair a choimhlionadh latha na cuingis. <sup>e</sup> cainnt.

<sup>f</sup> i. e. Geintilich a dh'iompoicheadh gu creidimh nan Iudhach. <sup>g</sup> i. e. an naothadh uair roimh mheadhon-là.

<sup>h</sup> tachairidh. <sup>i</sup> chi bhur seann daoine aisingean.



21 Agus tarlaiddh, ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, gu'n tearnar e.

22 Fheara Israeil, éisdibh ris na briathraibh so : Iosa o Nasaret, duine a dhearbhadh le Dia 'nar measgsa, le cumhachdaibh agus le mìorbhuilibh agus le comharaibh, a rinn Dia leis-san 'nar meadhonsa, mar a ta fhios againn fhéin ;

23 An duine so, a thugadh thairis le comhairle chinntich agus roimh-eòlas Dé, ghlac sibhse, agus le làmh-aibh dhroch dhaoine<sup>1</sup> cheus agus mharbh sibh e<sup>m</sup> :

24 Neach a thog Dia suas, air dha piantan<sup>n</sup> a' bhàis fhuasgladh ; do bhrìgh nach robh e'n comas gu'n cumtadh esan leis :

25 Oir a deir Daibhidh m'a thimchioll, Chunnaic mi an Tighearn romhan a ghnàth, oir a ta e aig mo dheas làimh, chum nach gluaisteadh mi.

26 Air an aobhar so rinn mo chridhe gairdeachas, agus rinn mo theanga aoibhneas : tuilleadh fòs, gabhaidh m'fheoil còmhnuidh fhoisneach ann an dòchas<sup>o</sup> :

27 Do bhrìgh nach fàg thu m'an-am shìos ann an ifrinn<sup>p</sup>, ni mò a dh'fhuilingeas tu do d' naomh Aon fhéin gu faic e truailidheachd.

28 Dh'fhoillsich thu dhomhsa slighean na beatha ; lionuidh tu mi do shubhachas le d' ghnùis.

29 Fheara agus a bhràithre, leigibh leamsa labhairt gu dàna ribh mu'n phrìomh-athair Daibhidh, araon gu'n d'fhuair e bàs, agus gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu bheil uaigh maille ruinne gus an là 'n diugh :

30 Air an aobhar sin air dha bhi 'na fhàidh, agus fiosrach gu'n do mhionnaich Dia le mionnaibh dha, do thoradh a leasraidh, [a réir na feòla, gu togadh e suas Crìosd] gu suidhe<sup>t</sup> air a rìgh-chaitheir-san.

31 Air dhasan so a roimh-fhaicinn, labhair e mu aiseirigh Chrìosd, nach d'fhàgadh anam ann an ifrinn<sup>s</sup>, agus nach fac fheoil truailidheachd.

32 An t-Iosa so thog Dia suas, air am bheil sinne uile 'nar fianuisibh.

33 Uime sin air dha bhi air àrd-achadh le<sup>t</sup> deas làimh Dhé, agus gealladh an Spìosaid naoimh fhaotainn o'n Athair, dhòirt e mach an ni so, a tha sibhse nis a' faicinn agus a' eluinnntinn.

34 Oir cha deachaidh Daibhidh suas chum nan nèamh : ach a deir e féin, Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn, Suidh air mo làimh dheis,

35 Gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fuidh d' chosaibh.

36 Uime sin biodh fios gu cinnteach aig tigh Israeil uile gn'n d'rinn Dia 'na Thighearn agus 'na Chrìosd, an t-Iosa so féin, a cheus sibhse.

37 A nis an uair a chual iad so, bha iad air am bioradh 'nan cridhe, agus thubhairt iad ri Peadar, agus ris a' chuid eile do 'na h-abstolaibh, Fheara agus a bhràithre, ciod a ni sinn ?

38 An sin thubhairt Peadar riu, Deanaibh aithreachas, agus bithibh air bhuir baisteadh gach aon againn ann an ainm Iosa Crìosd, chum maitheanas peacaidh, agus gheibh sibh tiodhlacadh an Spìoraid naoimh.

39 Oir a ta 'n gealladh dhuibhse, agus d'ar cloinn, agus do na h-uile a ta fad o làimh, eadhon a mheud 'sa ghairmeas an Tighearn ar Dia.

40 Agus le mòran do bhriathraibh eile rinn e fianuis agus dh'earlaich e iad<sup>u</sup>, ag ràdh, Saoraibh sibh fhéin o'n ghinealach fhiar<sup>a</sup> so,

41 An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach : agus an là sin fhéin chuireadh riu timchioll tri mìle anam.

42 Agus bhunaich iad gu seasmhach ann an teagasg nan abstol, agus ann an comh-chomunn, agus ann am briseadh arain, agus ann an ùrnuighibh.

43 Agus thainig eagal air gach anam : agus rinneadh mòran do mhìorbhuilibh agus do chomharaibh leis na h-abstolaibh.

<sup>1</sup> le làmh an aingidh. <sup>m</sup> 'nuair a rinn sibh fanoid air, mharbh sibh e.

<sup>n</sup> cuibhreach, boinn. <sup>o</sup> earbsa. <sup>p</sup> san uaigh. <sup>t</sup> gu'n suidhicheadh e.

<sup>s</sup> san uaigh. <sup>t</sup> aig. <sup>u</sup> chomhairlich e iad, ghuidh e orra. <sup>a</sup> alc.

44 Agus bha iadsan uile a chreid anni an aon àit, agus bha na h-uile nithe aca coitichionn<sup>b</sup>,

45 Agus reic iad an seilbh agus am maoin, agus roinn iad air na h-uile iad, a réir mar a bha feum gach neach.

46 Agus ag buanachadh dhoibh gach là a dh'aon inntinn anns an teampull, agus a' briseadh arain o thigh gu tigh, chaith iad am biadh le gairdeachas agus le aon-fhillteachd cridhe,

47 A' moladh Dhé, agus deadh-ghean aca o'n t-sluagh uile. Agus chuir an Tighearn gach là ris an eaglais an dream a shlànuichear.

## C A I B. III.

1 *Tha Peadar agus Eoin a' leigheas duine bhacaich; 12 ag innseadh do'n t-slagh a bha air cruinneachadh nach do rinneadh am mìorbhuil so le naomhachd nan Abstol, ach le cumhachd diadhaidh Chrìosd; 15 'gan crònachadh air son esan a chur gu bàs; 19 'gan caralachadh gu aithreachas, &c.*

**A** GUS chaidh Peadar agus Eoin le chéile suas do'n teampull, aig uair na h-ùrnuigh, eadhon an naothadh uair<sup>c</sup>.

2 Agus bha duine àraidh a bha na bhacach<sup>d</sup> o bhroinn a mhàthar air a ghiùlan, neach a chuireadh gach là aig dorus sin an teampuill d'an goirear Sgiamhach, a dh'iarraidh déirce orrasan a bha dol a steach do'n teampull:

3 Neach an uair a chunnaic e Peadar agus Eoin air ti dol a steach do'n teampull, dh'iarr e déirc.

4 Agus air do Pheadar sealltuinn gu geur air, maille ri h-Eoin, thubhairt e, Amhaire oirmne.

5 Agus thug esan aire dhoibh an dòchas gu'm faigheadh e ni-éigin uatha.

6 An sin thubhairt Peadar, Airgiod no òr cha 'n'eil agam; ach an ni a ta agam, so bheiream dhuit: An ainm Iosa Crìosd o Nasaret, éirich agus imich.

7 Agus air dha breith air a làimh dheis, thog e suas e; agus air ball neartaicheadh aobrunnan agus a throidhean.

8 Agus leum e suas, agus sheas, agus dh'imich e, agus chaidh e steach maille riu do'n teampull, ag imeachd, agus a' leumnaich, agus a' toirt cliu do Dhia.

9 Agus chunnaic an sluagh uile e ag imeachd, agus a' toirt cliu do Dhia.

10 Agus dh'aithnich iad esan gu'm b'e a bha 'na shuidhe aig geata Sgiamhach an teampuill ag iarraidh déirce: agus lìonadh iad le h-iongantas agus le h-uamhas air son an ni sin a thachair dha.

11 Agus ag cumail Pheadair agus Eoin [do'n bhacach a chaidh leigheas,] ruith an sluagh uile d'an ionnsuidh anns an sgàth-thigh<sup>e</sup> d'an goirear sgàth-thigh Sholaimh, làn iongantais.

12 Agus air faicinn so do Pheadar. fhreagair e 'n sluagh, Fheara Israeil, c'ar son a ta iongantais oirbh mu'n ni so? no c'ar son a ta sibh a' geur-amharc oirmne, mar gu b'ann le'r cumhachd no ar naomhachd féin a thug sinn air an duine so imeachd?

13 Ghlòraich Dia Abrahaim, agus Isaic, agus Iacoib, Dia ar n-aithriche a Mhac Iosa; a thug sibhse thairis, agus a dh'àicheadh sibh an làthair Philait, an uair a b'i a bhreth a chur fa gaoil.

14 Ach dh'àicheadh sibhse an t-Aon naomha, agus am Firean, agus dh'iarr sibh mortair a thiodhlacadh<sup>f</sup> dhuibh,

15 Agus mharbh sibh Prionnsadh<sup>g</sup> na beatha, a thog Dia o na marbh-aibh; air am bheil sinne 'nar fianuis-ibh.

16 Agus tre chreidimh 'na ainm neartaich e an ti so, a tha sibhse a' faicinn, agus a's aithne dhuibh: seadh, thug ainmsan agus an creidimh a ta tridsan, dhasan an t-slàinte iomlan so 'nar làthairse uile.

17 Agus a nis, a bhràithre, tha fhios agam gur ann tre aineolas a

<sup>b</sup> ann an comh-pairt. <sup>c</sup> i. e. an treas uair an dèigh mheadhon-là.  
<sup>d</sup> chrioplach. <sup>e</sup> àileir, phòrsa. <sup>f</sup> thabhairt. <sup>g</sup> Ceann-tiul, Ceannard.



rinn sibh e, mar a rinn mar an ceud-  
na bhur n-uachdarain.

18 Ach choimhlion Dia air an  
dòigh so na nithe sin a roimh-fhoill-  
sich e le beul fhàidhean uile, gu'm  
fuilingeadh Criosd.

19 Air an aobhar sin deanaibhse  
aithreachas agus bithibh air bhur  
n-iompachadh, chum gu'm bi bhur  
peacaidh air an glanadh as, 'nuair a  
thig amanna fionnuaireachd o làthair  
an Tighearna,

20 Agus a chuireas e Iosa<sup>h</sup> Criosd  
d'ar ionnsuidh, a chaidh roimh-ord-  
uchadh i:

21 Neach is éigin do néamh a  
ghabhail, gu aimsiribh aisig nan uile  
nithe, air an do labhair Dia le beul  
fhàidhean naomha uile, o thoiseach  
an t-saoghail.

22 Oir gu fìrinneach thubhairt  
Maois ris na h-aithrichibh, Togaidh  
an Tighearn bhur Dia suas fàidh  
dhuibh, d'ar bràithribh, mar mise;  
ris-san éisdidh sibh anns na h-uile  
nithibh a labhras e ribh.

23 Agus tarlaidh, gach anam nach  
éisd ris an fhàidh sin, gu'n sgriosar a  
mach as an t-sluagh e.

24 Seadh, dh'fhoillsich na fàidh-  
ean uile o Shamuel, agus iadsan a  
lean o sin, a mheadh diubh 's a labh-  
air, roimh-làimh mu na làithibh so.

25 Is sibhse clann nam fàidh, agus  
a' choimh-cheangail a rinn Dia r'ar  
n-aithrichibh, ag ràdh ri Abraham,  
Agus ann ad shliochdsa bithidh uile  
theaghlaihe na talmhainn air am  
beannachadh.

26 Air do Dhia a Mhac Iosa  
thogail suas, chuir e d'ar n-ionn-  
suidhs' e air tùs, chum as gu'm  
beannuicheadh e sibh, leis gach aon  
agaibh iompachadh o bhur lochdaibh.

#### C A I B. IV.

1 Tha uachdarain nan Iudhach a'  
cur Pheadair agus Eoin am prìos-  
un, air son iad a bhi searmonach-  
adh Iosa do'n t-sluagh: 5 an dèigh  
an ceasnachadh tha Peadar ag aid-  
eachadh gu'n do leighiseadh am

bacach le cumhachd diadhaidh Iosa  
a mhàin, agus gur ann tridsan 'na  
aonar a ta slàinte shiorruidh r'a  
faghail, &c.

**A** GUS am feadh 'sa bha iad a'  
labhairt ris an t-sluagh, thain-  
ig orra na sagairt, agus ceannard an  
teampuill, agus na Sadusaich.

2 Agus bha iad fuidh dhoilgheas  
gu'n robh iadsan a' teagasg an  
t-sluaigh, agus a' searmonachadh tre  
Iosa aiseirigh nam marbh.

3 Agus chuir iad làmh annta, agus  
chuir iad am prìosun iad gus an là  
maireach<sup>l</sup>: oir b'e nis am feasgar a  
bh'ann.

4 Gidheadh, chreid mòran diubh-  
san a chual am focal; agus b'e àir-  
eamh nan daoine timchioll chùig  
mìle.

5 Agus tharladh air an là mair-  
each, gu'n chruinnicheadh an ceann  
a chéile an uachdarain, agus an sean-  
airean, agus an scriobuichean, ann an  
Ierusalem,

6 Agus Annas an t-àrd shagart,  
agus Caiaphas, agus Eoin, agus Alast-  
air<sup>m</sup>, agus a mhead 's a bha do chinn-  
each an àrd shagairt.

7 Agus air dhoibh iadsan a chur'  
anns a' mheadhon, dh'fhiosraich iad,  
Ciod e an cumhachd, no ciod e an  
t-ainm anns an d'rinn sibh so?

8 An sin air do Pheadar bhi air a  
lìonadh leis an Spiorad naomh, thubh-  
airt e riu, Uachdarana a' phobuill,  
agus a sheanairean Israeil,

9 Ma tha sinne an diugh air ar  
ceasnachadh mu'n deadh ghnìomh a  
rinneadh do'n duine euslan, cionnus  
a shlànuicheadh e;

10 Biodh e aithnichte dhuibhse-  
uile, agus do phobull Israeil uile, gur  
ann tre ainm Iosa Criosd o Nasaret,  
a cheus sibhse, a thog Dia o na  
marbhaibh, eadhon tridsan a ta 'n  
duine so 'na sheasamh an so 'nar  
làthairse slàn.

11 'Si so a' chlach sin a dhiultadh  
libhse, a luchd togail, a rinneadh 'na  
ceann na h-oisinn.

12 Agus cha 'n'eil slàinte ann an

<sup>h</sup> chum gu d'thig amanna fois o làthair an Tighearna, agus gu cuir e Iosa.  
i roimhe so a shearmonachadh dhuibh. <sup>l</sup> gus an la air na màireach.

<sup>m</sup> Alecsander.

neach air bith eile : oir cha 'n eil ainm air bith eile fuidh nèamh air a thoirt am measg dhaoine, tre'm feud sinn bhi air ar slànuchadh<sup>n</sup>.

13 A nis an uair a chunnaic iad dànachd Pheadair agus Eoin, agus a thuig iad gu'm bu daoine gun fhòghlum agus cumanta iad, ghabh iad iongantas, agus dh'aithnich siad iad<sup>o</sup> gu'n robh iadsan maille ri h-Iosa.

14 Agus air faicinn an duine a leighiseadh 'na sheasamh maille riu, cha robh ni air bith aca ri ràdh 'na aghaidh.

15 Agus an déigh dhoibh orduchadh dhoibhsan dol a mach as a' chomhairle, chuir iad an cinn cuideachd<sup>p</sup>,

16 Ag ràdh, Ciod a ni sinn ris na daoibh so? Oir gu'n deachaidh mìorbhuil aithnichte<sup>r</sup> dheanamh leo, a ta e follaiseach do luchd àiteachaidh Ierusalem uile, agus cha'n urradh sinne àicheadh.

17 Ach a chum nach sgaoilear e ni's mò air feadh an t-sluaigh, bagramaid orra gu geur, gun iad a labhairt ni's mò ri neach air bith anns an ainm so.

18 Agus air dhoibh an gairm, dh'aithn iad dhoibh gun iad a labhairt air chor sam bith, no a theagasg ann an ainm Iosa.

19 Ach fhreagair Peadar agus Eoin agus thubhairt iad riu, Am bheil e ceart am fianuis Dé, éisdeachd ribhse roimh Dhia, thugaibh féin breth.

20 Oir cha 'n eil e'n comas duinne gun na nithe a chunnaic agus a chuala sinn a labhairt.

21 Ach air dhoibhsan tuilleadh bagraidh a dheanamh orra, leig iad as iad, gun dòigh air bith fhaotainn air am feudadh iad peanas a dheanamh orra, air son an t-sluaigh : oir bha na h-uile a' toirt glòire do Dhia air son an ni a rinneadh.

22 Oir bha an duine air an d'rinneadh am mìorbhuil leighis so tuilleadh as dà fhichead bliadhna dh'aois.

23 Agus an uair a leigeadh as iad, thainig iad dh'ionnsuidh am muinn-

tir féin, agus dh'innis iad na h-uile nithe a thubhairt na h-àrd shagairt, agus na seanairean riu.

24 Agus an uair a chual iadsan so, thog iad suas a dh'aon inntinn an guth ri Dia, agus thubhairt iad, A Thighearn, is tusa an Dia a rinn nèamh agus talamh, agus an fhairge, agus na h-uile nithe ta anna :

25 A thubhairt le beul Dhaibhidh do sheirbhisich, C'ar son a ghabh na Cinnich boil, agus a smuainich an sluagh nithe dìomhanach?

26 Sheas rìghre na talmhainn suas, agus chruinnicheadh na h-uachdarain an ceann a chéile, an aghaidh an Tighearna, agus an aghaidh a Chrìosd<sup>s</sup>.

27 Oir gu fìrinneach chruinnicheadh an ceann a chéile 'n aghaidh do Leinibh naoimh Iosa, a dh'ùng thu, araon Herod agus Pontius Pilat, maille ris na Cinneachaibh, agus sluagh Israeil,

28 A dheanamh gach ni a roimh orduich do làmh agus do chomhairle a bhi deanta.

29 Agus a nis, a Thighearn, amhairc air am bagraibh : agus deònaich do d' sheirbhisich féin, t'fhocal a labhairt leis gach uile dhànachd,

30 Le d' làimh a shineadh a mach chum leighis : agus gu'm bi comharan agus mìorbhuilean air an deanamh tre ainm do Leinibh naoimh Iosa.

31 Agus air dhoibh ùrnuigh a dheanamh, chrathadh an t-àit anns an robh iad cruinn ; agus lìonadh iad uile do'n Spiorad naomh, agus labhair iad focal Dé le dànachd.

32 Agus bha aig a' chuideachd a chreid aon chridhe, agus aon anam : agus ni mò a thubhairt neach air bith dhiubh, gu'm bu leis féin aon ni a shealbhaich e, ach bha na h-uile nithe coitchionn<sup>t</sup> aca.

33 Agus le mòr chumhachd thug na h-abstoil fianuis air aiseirigh an Tighearna Iosa : agus bha mòr ghràs orra uile.

34 Agus ni mò a bha aon neach uireasbhuidheach 'nam measg : oir a mheud 'sa bha 'nan sealbhadairibh

<sup>a</sup> saoradh, sàbhaladh. <sup>o</sup> thug iad aire dhoibh. <sup>p</sup> an comhairle r'a chéile.

<sup>r</sup> soilleir. <sup>s</sup> an aghaidh Aoin ungta-san. <sup>t</sup> ann an comhpairt.



fearainn, no thighean, air dhoibh an reiceadh, thug iad luach nan nithe a chaidh reiceadh leo,

35 Agus chuir iad aig cosaibh nan abstol e: agus roinneadh e air gach neach a réir fheuma.

36 Agus air do fhearann a bhí aig Ioses, d'an ghoireadh leis na h-abstol-aibh Barnabas (is e sin, air eadar-theangachadh, Mac na comhfhurtachd) Lebhitheach, d'am bu dùth-aich Ciprus,

37 Reic se e, agus thug e 'n t-air-giod, agus chuir e aig cosaibh nan abstol e.

### C A I B. V.

1 *Tha Ananias agus Saphira air son an ceilge a' tuiteam sìos marbh le cronachadh Pheadair. 12 Mòran mhìorbhuilean air an oibreachadh; 17 Chuireadh na h-abstol a ris am prìosun, 19 ach a ta iad air an leigeadh as le aingeal, a thug ordugh dhoibh searmonachadh gu follaiseach: &c.*

**A** CH reic fear àraidh d'am b'ainm Ananias, maille r'a mhnaoi Saphira, sealbh fearainn,

2 Agus cheil e cuid do'n luach, le fios a' mhna, agus air dha cuid-eigin a thoirt leis, chuir e aig cosaibh nan abstol e.

3 Ach thubhairt Peadar, Ananias, c'ar son a lion Satan do chridhe a dheanamh bréige do'n Spiorad naomh, agus a cheiltinn cuid do luach an fhearainn?

4 Am feadh 's a dh'fhuirich e gun reiceadh, nach bu leat féin e? agus an déigh a reiceadh nach robh e a'd' chomas féin? c'ar son a smuainich thu ann do chridhe an gnìomh so? cha d'rinn thu breug do dhaoibh, ach do Dhia.

5 Agus an uair a chuala Ananias na briathra so, thuit e sìos, agus chaidh an deo as: agus thainig eagal mòr air na h-uile a chuala na nithe so.

6 Agus air éirigh do na h-òganachaibh, phaisg iad an eudach-mairbh e, agus air dhoibh a ghiùlan a mach, dh'adhlaic iad e.

7 Agus tharladh timchioll trì uaire 'na dhéigh sin, gu'n d'thainig a bhean a steach, gun fhios aice air an ni a rinneadh.

8 Agus fhreagair Peadar i, Innis dhomhsa an ann air an uiread so reic sibh am fearann? Agus thubhairt ise, Is ann, air son an uiread sin.

9 An sin thubhairt Peadar rithe, C'ar son a chomh-aontaich sibh Spiorad an Tighearna a dhearbhadh<sup>u</sup>? feuch, tha cosa na muinntir a dh'adhluic t'fhear aig an doras, agus giùlainidh iad thusa mach.

10 An sin thuit i air ball aig a chosaibh, agus chaidh an deo aisde: agus air do na h-òganachaibh teachd a steach, fhuair iad i marbh, agus air dhoibh a giùlan a mach, dh'adhluic iad làmh r'a fear i.

11 Agus thainig eagal mòr air an eaglais uile, agus air na h-uile a chuala na nithe so.

12 Agus rinneadh mòran chomh-aran agus mhìorbhuilean am measg a' phobuill le làmh-aibh nan abstol; (agus bha iad uile dh'aon inntinn ann sgàth-thigh<sup>a</sup> Sholaimh;

13 Agus cha robh chridh' aig a h-aon do chàch e féin a cheangal riu:) ach bha mòr mheas aig a' phobull orra.

14 Agus is mòid a chuiredh creidmhibh ris an Tighearna, buidheann mhòr<sup>b</sup> araon do fhearaibh agus do mhnaibh:

15 Air chor as gu'n d'thug iad a mach a' mhuinntir euslan air na sràidibh, agus gu'n do chuir iad air leapaichibh agus air uirighibh<sup>c</sup> iad, chum ag teachd do Pheadar gu'n cuireadh fhaileus, mar bu lugha, sgàiled air neach eigin aca.

16 Agus thainig mar an ceudna mòr shluagh as na bailtibh m'an cuairt air Hierusalem, a' toirt leo muinntir euslain, agus dream a bha air am buaireadh le spioradaibh neo-ghilan: agus leighiseadh iad uile.

17 An sin dh'éirich an t-àrd shagart, agus iadsan uile a bha maille ris, (eadhon luchd-bharail nan Sadus ach) agus lìonadh iad le tnùth<sup>e</sup>,

<sup>u</sup> a bhuaireadh. <sup>a</sup> àilear, pòrsa. <sup>b</sup> sluagh mòr. <sup>c</sup> couches. Sasg.   
 <sup>d</sup> dubhar. <sup>e</sup> eud.

18 Agus chuir iad làmh anns na h-abstolaibh, agus chuir iad sa' phriosun chumanta iad.

19 Ach dh'fhosgail aingeal an Tighearna dorsan a' phriosuin san oidhche, agus thug e iadsan a mach, agus thubhairt e,

20 Imichibh, agus ag seasamh dhuibh labhraibh san teampull ris an t-sluagh, uile bhriathra na beatha so.

21 Agus an nàir a chual iad so, chaidh iad gu moch a steach do'n teampull, agus theagaisg iad. Ach thainig an t-àrd shagart agus iadsan a bha maille ris, agus ghairm iad a' chomhairle, agus seanadh chloinn Israeil uile an ceann a chéile, agus chuir iad do'n phriosun chum gu'n d'thugtadh iadsan d'an ionnsuidh.

22 Ach an uair a thaing na maoir, cha d'fhuair iad sa' phriosun iad, agus air pilltinn dhoibh, dh'innis iad,

23 Ag ràdh, Fhuair sinne gu firinneach am prìosun dùinte gu ro thèaruinte, agus an luchd-coimhead 'nan seasamh a mach fa chomhair nan dorus: ach an uair a dh'fhosgail sinn, cha d'fhuair sinn aon duine a stigh.

24 A nis an uair a chual an t-àrd shagart, agus ceannard an teampuill, agus uachdarain nan sagart na briathra so, bha iad fuidh amharus m'an timchioll ciod gus an d'thigeadh so.

25 An sin thainig neach àraidh agus dh'innis e dhoibh, ag ràdh, Feuch, a ta na daoine a chuir sibh sa' phriosun, 'nan seasamh san teampull, agus a' teagasg a' phobuill.

26 An sin dh'imich an ceannard maille ris na maoraibh, agus thug e leis iad gun ainneart: (oir bha eagal orra roimh an t-sluagh, gu'm biodh iad air an clachadh leo.)

27 Agus an uair a thug iad leo iad, chuir iad ann am fianuis na comhairle iad: agus dh'fheòraich an t-àrd shagart diubh,

28 Ag ràdh, Nach d'thug sinne geur ordugh dhuibh, gun teagasg a dheanamh san ainm so? agus feuch, lion sibh Ierusalem le'r teagasg, agus is àill libh fuil an duine so a tharruing<sup>f</sup> oirne.

29 An sin fhreagair Peadar agus na h-abstoil eile, agus thubhairt iad, Is còir géill a thoirt do Dhia nì's mò na do dhaoineibh.

30 Thog Dia ar n-aithriche Iosa, a mharbh sibhse agus a chroch sibh air crann.

31 Esan dh'àrdaich Dia le a dheas làimh 'na Cheannard<sup>s</sup> agus 'na Shlànuighear, a thoirt aithreachais agus maithheanais peacaidh do Israel.

32 Agus tha sinne 'nar fianuisibh dha air na nithibh so: agus mar an ceudna an Spiorad naomh, a thug Dia dhoibhsan a ta ùmhal dha.

33 Agus an uair a chual iadsan so, bha iad air an gonadh<sup>h</sup>, agus ghabh iad comhairle an cur gu bàs.

34 An sin dh'éirich Phairiseach àraidh anns a' chomhairle, d'am b'ainm Gamaliel, fear-teagaisg an lagha, air an robh meas aig an t-sluagh uile, agus dh'orduich e na h-abstoil a chur a mach rè tamuill,

35 Agus thubhairt e riu, Fheara Israeil, thugaibh aire dhuibh féin, ciod a ta roimhibh a dheanamh mu thimchioll nan daoine sin.

36 Oir roimh na làithibh so dh'éirich Teudas suas, ag ràdh gu'm bu neach éigin mòr e féin, agus cheangail àireamh dhaoine, timchioll ceithir cheud, iad féin ris: mharbh-adh esan, agus a mheud 'sa dh'aontaich leis, sgaoidadh iad uile as a chéile, agus chaidh iad gu neo-ni.

37 An déigh an fhir so dh'éirich Iudas an Galiléach suas, ann an làithibh na cìs-mheasaidh, agus tharruing e mòran sluaigh 'na dhéigh: sgriosadh esan mar an ceudna, agus a mheud 'sa ghéill dai, sgapadh iad uile.

38 Agus a nis a deirim ribh, Fan-aibh o na daoineibh so, agus leigibh leo: oir ma's ann o dhaoineibh a ta a' chomhairle so, no'n obair so, thig i gu neo-brigh<sup>l</sup>:

39 Ach ma's ann o Dhia a ta i, cha'n urradh sibhs' a cur gu neo-brigh: air eagal gu'n tarladh gu'm faighear sibh eadhon a' cogadh an aghaidh Dhé.

<sup>f</sup> thoirt. <sup>s</sup> Phrionnsadh. <sup>h</sup> chas iad am fiacla. <sup>i</sup> di'earb as.

<sup>l</sup> théid as dìth.



40 Agus dh'aontaich iad leis-san : agus an uair a ghairm iad na h-abst-oil, agus a ghabh iad orra, dh'orduich iad dhoibh gun labhairt ann an ainm Iosa, agus leig iad as iad.

41 Agus dh'imich iadsan o làthair na comhairle, le gairdeachas a chionn gu'n do mheasadh gu'm b'fhiu iad eas-urram fhulang air son ainmesan.

42 Agus gach là anns an teampull, agus o thigh gu tigh, cha do sguir iad a bhi teagasg, agus a' searmonachadh Iosa Crìosd.

### C A I B. VI.

1 *Thagh na h-abstoil seachdnar gu frithealadh do uireasbhuidh nam bochd : 5 B'aon diubh so Stephan, neach a bha làn do chreidimh, agus do'n Spiorad naomh ; 12 Tha esan air a ghlacadh, agus air agairt gu h-eucorach an làthair na comhairle, leis an àitim a chuir e 'nan tosd le deasboireachd.*

**A** GUS anns na làithibh sin, an uair a bha àireamh nan deisciobul a' meudachadh, dh'éirich gear-an am measg nan Greugach an aghaidh nan Eabhrach, a chionn gu'n do dhearmaideadh am bantraichean san fhrithealadh laitheal.

2 An sin ghairm an dà fhear dheug mòr chuideachd nan deisciobul d'an ionnsuidh, agus thubhairt iad, Cha 'n'eil e iomchuidh sinne dh'fhàgail focail Dé, agus a fhrithealadh do bhòrdairbh.

3 Uime sin, a bhràithre, iarraibh a mach 'nar measg seachdnar dhaoine fuidh dheadh iomradh, làn do'n Spiorad naomh agus do ghliocas, a chuireas sinne os cionn an dreuchd so<sup>m</sup>.

4 Ach buanaichidh sinne a ghnàth ann an ùrnuigh, agus am ministreil-eachd an fhocail.

5 Agus bha chainnt so taitneach an làthair na mòr chuideachd uile : agus thagh iad Stephan, duine làn do chreidimh agus do'n Spiorad naomh, agus Philip, agus Prochorus, agus Nicanor, agus Timon, agus Parmenas, agus Nicolas prosliteach do mhuinntir Antioch.

6 Chuir iad iadsan an làthair nan abstol : agus air deanamh ùrnuigh dhoibh, chuir iad an làmhan orra.

7 Agus dh'fhàs focal Dé ; agus mheudaicheadh àireamh nan deisciobul gu ro mhòr ann an Ierusalem ; agus bha cuideachd mhòr do na sagartaibh ùmhal do'n chreidimh.

8 Agus rinn Stephan, làn do chreidimh agus do chumhachd, mìorbhuilean agus comharan mòra am measg an t-sluaigh.

9 An sin dh'éirich dream àraidh do'n t-sionagag, d'an goirear *sionagag* nan Libertineach<sup>n</sup>, agus nan Cire-nianach, agus mhuinntir Alecsandria, agus na droinge o Chilicia, agus o'n Asia, a' deasboireachd ri Stephan.

10 Agus cha b'urrainn iad cur an aghaidh a' ghliocais agus an spioraid leis an do labhair e.

11 An sin thug iad a steach os ìosal daoine a thubhairt, Chuala sinne e labhairt bhriathar toibheumach an aghaidh Mhaois, agus Dhé.

12 Agus dhùisg iad suas an sluagh, agus na seanairean, agus na scriobhuichean, agus thainig iad air agus ghlac iad e, agus thug iad an làthair na comhairle e.

13 Agus chuir iad suas fianuisean bréige, a thubhairt, Cha 'n'eil an duine so a' sgur do labhairt bhriathar toibheumach<sup>o</sup> an aghaidh an ionaid naomha so, agus an lagha.

14 Oir chuala sinn e ag ràdh, gu'n sgrios an t-Iosa so o Nasaret an t-àit so, agus gu'n caochail e na<sup>p</sup> gnàthanna a thug Maois dhuinne.

15 Agus air dhoibhsan uile a bha 'nan suidhe sa' chomhairle amharc gu geur air, chunnaic iad aghaidh mar aghaidh aingil.

### C A I B. VII.

1 *Air do Stephan comas fhaghail freagairt air a shon fein, 2 tha e nochdadh gu'n d'rinn Abraham aoradh do Dhia gu taitneach ; 37 gu'n d'thug Maois fein fianuis mu Chrìosd ; 51 'gan cronachadh air son an ceannairce, agus morta Chrìosd : 54 Air a so tha iad 'ge chlachadh gu bàs, tha esan a' tionn-*

*nadh anama do Iosa, agus a' guidh-eadh Dhé air an sonsan.*

**A**N sin thubhairt an t-àrd shagart, Am bheil ma ta na nithe so mar so?

2 Agus thubhairt esan, Fheara, a bhràithre, agus aithriche, éisdibh, Dh'fhoillsicheadh Dia na glòire d'ar n-athair Abraham, 'nuair a bha e ann am Mesopotamia, mun do ghabh e còmhnuidh ann an Charran,

3 Agus thubhairt e ris, Rach a mach a d' thir féin, agus o d' chinneach, agus thig chum na tìre a nochdas mise dhuit.

4 An sin chaidh esan a mach a talamh nan Caldéach, agus ghabh e còmhnuidh ann an Charran: agus as sin, an déigh bàis athar, dh'atharr-aich se e do'n fhearann so anns am bheil sibhse nis 'nar còmhnuidh.

5 Agus cha d'thug e dha oighreachd sam bith ann, cha d'thug *fiu* leud troidhe: gidheadh gheall e gu'n d'thugadh e mar sheilbh e dha féin agus d'a shliochd 'na dhéigh, ge nach robh fathast duine cloinne aige.

6 Agus labhair Dia air an dòigh so, Gu'm biodh a shliochd air chuairt ann an dùthaich choigrich, agus gu'n deanadh iad tràillean diubh, agus gu'm buineadh iad gu h-olc *riu* rè ceithir cheud bliadhna.

7 Agus air a' chinneach sin d'am bi iadsan fuidh dhaorsa, bheir mise breth, arsa Dia: agus an déigh nan nithe sin thig iad a mach, agus ni iad seirbhis dhomhsa anns an àit so.

8 Agus thug e dha coimhcheangal<sup>r</sup> an timchioll-ghearraidh: agus mar sin ghin Abraham Isaac, agus timchioll-ghearr se e air an ochdamh là: agus ghin Isaac Iacob, agus Iacob an dà phrìomh-athair dheug.

9 Agus a' gabhail farmaid reic<sup>s</sup> na prìomh-aithriche Ioseph do'n Eiphit: ach bha Dia maille ris,

10 Agus shaor se e as a thrioblaidibh uile, agus thug e deadh-ghean<sup>t</sup> agus gliocas da an làthair Pharaoh righ na h-Eiphit; agus chuir se e' na

uachdaran air an Eiphit, agus air a theaghlach féin uile.

11 Nis thainig gorta agus àmhghar mòr air an Eiphit uile, agus air talamh Chanaain; agus cha d'fhuair ar n-aithriche teachd-an-tìr<sup>u</sup>.

12 Ach an uair a chuala Iacob gu'n robh arbhar san Eiphit, chuir e mach ar n-aithriche air tùs.

13 Agus air an dara uair rinneadh Ioseph aithnichte d'a bhràithribh; agus rinneadh cinneach Ioseph follaiseach do Pharaoh.

14 An sin chuir Ioseph *fios* uath, agus ghairm e d'a ionnsuidh Iacob athair, agus a luchd dàimhe uile, cùig anama deug agus trì fichead.

15 Agus chaidh Iacob sìos do'n Eiphit, agus fhuair e bàs, e féin agus ar n-aithriche.

16 Agus ghiùlaineadh thairis iad gu Sichein, agus chuireadh iad anns an àit-adhlacaidh a cheannaich Abraham air suim airgid o mhic Eموir athar Shicheim.

17 Ach an uair a dhruid àm a' gheallaidh, a mhionnaich Dia do Abraham, dh'fhàs an sluagh agus rinn eadh iad lìonmhor san Eiphit,

18 Gus an d'éirich righ eile, do nach b'aithne Ioseph.

19 Bhuin esan<sup>a</sup> gu cuilbheirteach r'ar cinneach, agus rinn e olc air ar n-aithrichibh, air chor as gu'n d'thug e orra an naoidheana a thilgeadh mach, chum nach sìolaicheadh iad b.

20 Anns an àm sin rugadh Maois, agus bha e ro sgiamhach, agus dh'altrumadh e trì mìosan ann an tigh athar:

21 Agus an uair a thilgeadh a mach e, thog nighean Pharaoh leatha e, agus dh'altrum<sup>c</sup> i e mar mhac dh'i féin.

22 Agus dh'fhòglumadh<sup>d</sup> Maois ann an uile ghliocas nan Eiphiteach, agus bha e cumhachdach ann briathraibh agus an gnìomharaibh.

23 Agus an uair a bha e dà fhichead bliadhna iomlan a dh'aois, thainig e 'na chridhe a bhràithre clann Israeil fhiosrachadh<sup>e</sup>.

<sup>r</sup> cùnradh, cùmhnant. <sup>s</sup> chreic. <sup>t</sup> bàigh, fàbhor. <sup>u</sup> biatachd.

<sup>a</sup> Ghiùlain se e fein. <sup>b</sup> nach fàsadh sliochd orra, nach maireadh iad beo. <sup>c</sup> dh'oil. <sup>d</sup> dh'ionnsuicheadh. <sup>e</sup> dol a shealltuinn a bhràithre cloinn Israeil.



24 Agus air dha duine àraidh *dhiubh* fhaicinn a' fulang eucoir, theasairg se e, agus air bualadh an Eiphitich dha, rinn e dioghaltas do'n fhear air an d'rinneadh an eucoir :

25 Oir shaoil e gu'n tuigeadh a bhràithre, gu'n d'thugadh Dia le a làimhsan saorsa dhoibh; ach cha do thuig iadsan.

26 Agus air an là 'na dhéigh sin nochd se e féin doibh agus iad a' comhstribh, agus b'àill leis sìth a dheanamh eatorraf, ag ràdh, A dhaoine, is bràithre sibh féin, c'ar son a ta sibh a' deanamh eucoir air a chéile?

27 Ach chuir am fear a rinn an eucoir air a choimhearsnach uaith e, ag ràdh, Cò a rinn thusa a' d' uachdaran agus a' d' bhreitheamh oirne?

28 Am miannr leat mise a mharbhadh, mar a mharbh thu an t-Eiphiteach an dé?

29 An sin theich Maois air son an fhoicail so, agus bha e 'na choigreach ann an dùthaich Mhadiain, far an do ghin e dithis mbac.

30 Agus an uair a choimhlionadh dà fhichead bliadhna, dh'fhoillsicheadh dha ann am fàsach beinne Shina, aingeal an Tighearna ann an làsair theine ann am preas.

31 Agus an uair a chunnaic Maois so, ghabh e iongantas mu'n t-sealladhr agus ag dha teachd am fagus gu beachdachadh air, thainig guth an Tighearna d'a ionnsuidh,

32 Is mise Dia t'aithriche, Dia Abraham, agus Dia Isaac, agus Dia Iacob. An sin chrìochnuic Maois, agus cha robh chridh' aige amharc.

33 An sin thubhairt an Tighearn ris, Fùasgail do bhrògan o d' chos-aibh: oir is talamh naomh an t-àit am bheil thu d' sheasamh.

34 Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo phobuill a ta san Eiphit, agus chuala mi an osnaidh, agus thainig mi nuas g'an saoradh. Agus a nis thig, cuiridh mi do'n Eiphit thu.

35 Am Maois so féin a dhiùlt iadsan, ag ràdh, Cò rinn uachdaran agus breitheamh dhìotsa? esan chuir

Dia gu bhi 'na uachdaran agus 'na fhear-saoraidh le làimh an aingil a dh'fhoillsicheadh dha sa' phreas.

36 Thug esan a mach iad an déigh dha mìorbhuilean, agus comharan a dheanamh ann an talamh na h-Eiphit, agus anns a' mhuir ruaidh, agus anns an fhàsach rè dhà fhichead bliadhna.

37 'S e so am Maois ud a thubhairt ri cloinn Israeil, Togaidh an Tighearn bhur Dia suas fàidh dhuibh d'ar bràithribh, cosmhuil riusma; ris-san éisdidh sibh.

38 So esan a bha san eaglais anns an fhàsach, maille ris an aingeal a labhair ris ann am beinn Shina, agus maille r'ar n-aithrichibhne: neach a fhuair briathra na beatba<sup>h</sup> chum an tabhairt dhuinne:

39 Da nach b'àill le'r n-aithrichibh bhi ùmhal, ach chuir iad uatha e, agus 'nan cridhe phill iad air an ais do'n Eiphit,

40 Ag ràdh ri Aaron, Dear dhuinne dée a théid romhainn: oir mu thimchioll a' Mhaois so, a thug a mach sinn a tìr na h-Eiphit, cha n'eil fhios againn ciod a dh'éirich dha.

41 Agus rinn iad laogh sna làithibh sin, agus thug iad ìobairt do'n dealbh, agus rinn iad gairdeachas ann an oibribh an làmha féin.

42 An sin phill Dia, agus thug e thairis iad chum aoradh a dheanamh do armait, nèimhe, a réir mar a ta e scrìobhta ann an leabhar nam fàidh, An d'thug sibh dhomhsa beathaichean marbhtha, agus ìobairte rè dhà fhichead bliadhna anns an fhàsach, O a thigh Israeil?

43 Seadh, thog sibh suas pàillium Mholoich, agus reult bhur dé Remphain, dealbhan a rinn sibh chum aoraidh dhoibh: uime sin atharraichidh mi sibh an taobh thall do Bhabilon.

44 Bha pàillium na fianuis aig ar n-aithrichibh san fhàsach, a réir mar a dh'àithn an tì a labhair ri Maois, gu'n deanadh se e a reir an t-samhlachais a chunnaic e.

45 An nì a thug mar an ceudna ar n-aithriche a bha 'nan déigh, a

steach maille ri h-Iosa do sheilbh nan Cinneach, a thilg Dia a mach roimh ghnùis ar n-aithriche, gu làithibh Dhaibhidh;

46 Neach a fhuair deadh-ghean am fianuis Dhé, agus a dh'iarr paillinn fhaotainn do Dhia Iacoib.

47 Ach thog Solamh tigh dha.

48 Gidheadh cha 'n'eil an ti a's àirde a' gabhail còmhnuidh ann an teampluibh làmh-dheanta; mar a deir am fàidh,

49 'Se nèamh mo righ-chaithir, agus an talamh stòl mo chos: ciod an tigh a thogas sibh dhomh? a deir an Tighearn: no ciod e ionad mo thàmh?

50 Nach do rinn mo làmh na nithe so uile?

51 A dhaoine cruaidh-thuinealach, agus neo-thimchioll-ghearrta ann an cridhe agus ann an cluasaibh, tha sibh a' ghnàth a' cur an aghaidh an Spioraid naoimh: mar a rinn bhur n-aithriche, 'mar sin a ta sibhse a' deanamh,

52 Cò do na fàidhibh air nach d'rinn bhur n-aithriche geur-leanmhuinn? agus mharbh siad iadsan a roimh-fhoillsich teachd an Fhàirein ud; air an robh sibhse a nis 'nar luchd-brathaidh, agus 'nar mortairibh:

53 Sibhse a fhuair an lagh le frith-ealadh nan aingeal, agus nach do choimhid e.

54 'Nuair a chual iad na nithe sin, bha iad air an gonadh 'nan cridhe, agus chas iad am fìacla ris.

55 Ach air dhasan bhì làn do'n Spiorad naomh, dh'amhairc e gu geur suas gu nèamh, agus chunnaic e glòir Dhé, agus Iosa 'na sheasamh air deas làimh Dhé,

56 Agus thubhairt e, Feuch, tha mi faicinn nan nèamh fosgailte, agus Mac an duine 'na sheasamh air deas làimh Dhé.

57 An sin ghlaodh iadsan le guth mòr, agus dhruid iad an cluasan, agus leum iad air a dh'aon inntinn,

58 Agus air dhoibh a thilgeadh a mach as a' chathair<sup>m</sup>; chlach iad e: agus thilg na fianuisean an eudach

sìos aig cosaibh òganaich, d'am b'ainm Saul.

59 Agus chlach iad Stephan, agus e a' gairm air Crìosd, agus ag ràdh, A Thighearn Iosa, glac mo spiorad.

60 Agus air dha a leigeadh féin air a ghlùinibh, ghlaodh e le guth mòr, A Thighearn, na cuir am peacadh so as an leth. Agus air dha so a ràdh, choidil e.

## C A I B. VIII.

1 Tha an soisgeul air a shearmonachadh ann an Samaria le Philip, a rinn mòran mhòrbhuilean, agus a bhaist mòran, agus am measg chàich Simon an Druidh. 14 Thainig Peadar agus Eoin a dhaingneachadh na h-eaglais: le cur an làmh air an droing a chreid, tha 'n Spiorad naomh air a thiodhlacadh: 18 'nuair a b'àill le Simon an tiodhlac ceudna cheannpach uatha le h-àirgid, 20 tha e air a chronachadh gu geur le Peadar, &c.

A GUS bha Saul ag aontachadh leis a bhàs-san. Agus dh'éirich anns an àm sin geur-leanmhuinn mhòr an aghaidh na h-eaglais a bha ann an Ierusalem; agus bha iad uile air an sgapadh air feadh tìre Iudea agus Shamaria, ach na h-abstoil a mhàin.

2 Agus ghiùlain daoine diadhaidh<sup>n</sup> Stephan chum adhlaid, agus rinn iad caoidh mhòr air a shon.

3 Ach bha Saul a' fàsachadh na h-eaglais, a' dol a steach do gach tigh; agus ag tarruing a mach fhear agus bhan, chuir e am prìosun iad.

4 Uime sin dh'imich an droing a sgapadh, feadh gach àite, a' searmonachadh an fhocail.

5 An sin chaidh Philip sìos do bhaile Shamaria, agus shearmonaich e Crìosd doibh.

6 Agus thug an sluagh a dh'aon toil aire do na nithibh a labhradh le Philip, ag éisdeachd ris<sup>o</sup>, agus a' faicinn nam mìorbhuile a rinn e.

7 Oir chaidh spiorada neo-ghlan a mach a mòran anns an robh iad, a' glaochaich le guth mòr: agus chaidh mòran air an robh am pairilis<sup>p</sup>, agus

<sup>l</sup> dhùin, stop. <sup>m</sup> a' bhaile, <sup>n</sup> cràbhadh. <sup>o</sup> rin. <sup>p</sup> crith-ghalar; palsy. Sasg.



a bha 'nam bacaich, a shlànuch-adh.

8 Agus bha gairdeachas mòr sa' bhaile sin.

9 Ach bha roimhe sin duine àraidh sa' bhaile sin d'am b'ainm Simon, a ghnàthaich druidheachd, agus a mheall<sup>†</sup> inuinn<sup>†</sup>ir Shamaria, ag ràdh gu'm bu neach mòr éigin e féin.

10 Dhasan thug iad uile aire o'n bheag gus a' mhòr, ag ràdh, 'Se 'n duine so cumhachd mòr Dhé.

11 Agus thug iad an aire dha, a chionn gu'n do mheall e iad rè ùine fhada leis a dhruidheachd.

12 Ach an uair a chreid iad Philip, a' searmonachadh nan nithe a bhuineas do riogbhadh Dhé, agus do ainm Iosa Crìosd, bhaisteadh iad eadar fheara agus mhnàì.

13 An sin chreid Simon féin mar an ceudna : agus an uair a bhaisteadh e, dh'fhan e maille ri Philip, agus a' faicinn nan comhara agus nam feart a rinneadh, ghabh e iongantas ro mhòr.

14 Agus an uair a chuala na h-abstòil a bha ann an Ierusalem, gu'n do ghabh Samaria focal Dhé, chuir iad d'an ionnsuidh Peadar agus Eoin :

15 Agus air dolsìos dhoibh, ghuidh iad air an son gu'm faigheadh iad an Spiorad naomh.

16 (Oir cha d'thainig e fathast a nuas air a h-aon aca : ach a mhàin bhaisteadh iad ann an ainm an Tighearna Iosa.)

17 An sin chuir iad an làmhnan orra, agus fhuair iad an Spiorad naomh.

18 Agus an uair a chunnaic Simon gu'n robh an Spiorad naomh air a thabhairt tre làmhnan nan abstol a chur orra, thairg e airgid dhoibh,

19 Ag ràdh, Thugaibh dhomhsa mar an ceudna an cumhachd so, ge b'e neach air an cuir mi mo làmh, gu'm faigh e an Spiorad naomh.

20 Ach thubhairt Peadar ris, Gu rachadh t'airgid am mugha maille riut féin, a chionn gu'n do mheas thu gu'm feudadh tiodhlac Dhé a cheannach le h-airgid.

21 Cha 'n'eil agad cuid no crannchur sa' chùis so : oir cha 'n'eil do chridhe dìreach<sup>s</sup> am fianuis Dhé.

22 Gabh aithreachas uime sin do t'olc so, agus guidh air Dia, ma dh'fheudar gu maithhear dhuit smuaineadh do chridhe.

23 Oir a ta mi 'gad fhaicinn ann an domhlas na seirbhe, agus fuidh chuibhreath na h-eucorach.

24 An sin fhreagair Simon, agus thubhairt e, Guidhibhse an Tighearna air mo shon, nach d'thig aon do na nithibh sin a thubhairt sibh orm.

25 An sin air dhoibhsan fianuis a dheanamh agus focal an Tighearna a labhairt, phill iad gu Hierusalem, agus shearmonaich iad an soisgeul ann am mòran do bhailtibh nan Samaritanach.

26 Agus labhair aingeal an Tighearna ri Philip, ag ràdh, Eirich agus imich chum n h-àirde deas, chum na slighe a ta dol sìos o Hierusalem gu Gasa, a ta 'na fhàsacht<sup>t</sup>.

27 Agus dh'éirich e, agus dh'imich e : agus feuch duine àraidh, caillteanach o Etiopia, aig an robh mòr ùghdarras fuidh Chandace ban-rìghinn na h-Etiopia, agus a bhà os cionn a h-ionmhais uile, agus a bha air teachd gu Hierusalem chum aoradh a dhéanamh,

28 Bha e a' piltinn air ais, agus 'na shuidhe 'na charbad, agus bha e a' leughadh an fhàidh Esaias.

29 An sin thubhairt an Spiorad ri Philip, Imich am fagus, agus druid ris a' charbad so.

30 Agus ruith Philip d'a ionnsuidh, agus chuala se e a' leughadh an fhàidh Esaias, agus thubhairt e, Am bheil thu a' tuigsinn nan nithe a tha thu a' leughadh ?

31 Agus thubhairt esan, Cionnus is urradh mi, mur seòl neach éigin mi ? Agus dh'iarr e air Philip teachd a nìos, agus suidhe maille ris.

32 A' chuibrionn do'n scriobtuir a bha e leughadh, b'i so i, Thugadh e mar chaora chum marbhadh, agus mar uan a ta 'na thosd am fianuis an

<sup>†</sup> a chuir uamhas air, a chuir 'nam breathal.

<sup>s</sup> ceart, treibhdhireach.

<sup>t</sup> troimh 'n fhàsach.

fhir-lomairt, mar sin cha d'fhosgail e a bheul:

33 'Na isleachadh thugadh a bhreitheanas air falbh: agus cò a nochdas a ghinealach? oir thogadh a bheatha o'n talamh.

34 Agus fhreagair an caillteanach, agus thubhairt e ri Philip, Guidheam thu, cia uime deir am fàidh so? uime féin, no mu neach éigin eile?

35 An sin dh'fhosgail Philip a bheul, agus a' tòiseachadh o'n scriob-tuir sin, shearmonaich e Iosa dha.

36 Agus an uair a dh'imich iad air an t-slighe, thainig iad gu h-uisge àraidh: agus thubhairt an caillteanach, Feuch, uisge; ciod a ta bacadh mise bli air mo bhaisteadh?

37 Agus thubhairt Philip, Ma ta thu a' creidsinn le d' uile chridhe, feudaidd tu. Agus fhreagair e agus thubhairt e, Tha mi a' creidsinn gur e Iosa Crìosd Mac Dhé.

38 Agus dh'àithn e 'n carbad a sheasamh: agus chaidh iad sìos le chèile do'n uisge, araon Philip agus an caillteanach; agus bhaist se e.

39 Agus an uair a thainig iad a nìos as an uisge, thug Spiorad an Tighearna Philip leis, agus cha'n fhac an caillteanach tuilleadh e: agus dh'imich e air aghaidh le gairdeachas.

40 Ach fhuaradh Philip ann an Asotos: agus shearmonaich e anns na bailtibh uile, a' dol tre 'n *duthaich*, agus an d'thainig e gu Cesarea.

## C A I B. IX.

1 *Tha Saul, air dha bhi 'g imeachd gu Damascus, air a leagadh sìos gu talamh le solus, agus guth o nèamh: 10 Tha e air a ghairm chum na h-abstolachd, 18 agus air a bhaisteadh le Ananias: 20 Tha e searmonachadh Chrìosd gu dàna. 23 Tha na h-Iudhaich, agus mar an ceudna na Greugaich a' cur cemnairle ri chèile chum a mharbhadh: &c.*

**A**GUS air do Shaul bhi fathast a' séideadh bagraidh, agus àir<sup>u</sup> an aghaidh dheisciobul an Tighearna, chaidh e chum an àrd shagairt.

2 Agus dh'iarr e litrichean uaith

gu Damascus chum nan sionagog, chor nam faigheadh e aon neach do'n t-slighe so, co aca b'fhir no mnà iad, gu'n d'thugadh e leis ceangailte gu Hierusalem iad.

5 Agus ag imeachd dha, tharladh<sup>a</sup> gu'n do dhruid e ri Damascus: agus dhealraich gu h-obann mu'n cuairt air solus o nèamh.

4 Agus air tuiteam dha air an talamh, chual e guth ag ràdh, ris, A Shaul, A Shaul, c'ar son a ta thu 'gam gheur-leanmhuinnse?

5 Agus thubhairt esan, Cò thu, a Thighearn? Agus thubhairt an Tighearn, Is mise Iosa a tha thusa a' geur-leanmhuinn: is cruaidh dhuitse breabadh an aghaidh nan dealg.

6 Agus air dhasan bhi air chrith agus làn uamhainn, thubhairt e, A Thighearn, ciod is àill leat mise a dheanamh? Agus thubhairt an Tighearn ris, Eirich, agus rach b a steach do'n bhaile, agus innsear dhuit ciod is còir dhuit a dheanamh.

7 Agus sheas na daoine bha 'g imeachd maille ris 'nan tosd, a' cluinnt-inn a' ghutha, ach gun neach air bith fhaicinn.

8 Agus dh'éirich Saul o'n talamh, agus air fosgladh a shùl dha, cha'n fhac e neach<sup>c</sup> air bith: ach air dhoibh breith air a làimh, threòraich iad e gu Damascus.

9 Agus bha e trì làithean gun radharc, agus cha d'ith agus cha d'òl e ni air bith.

10 Agus bha deisciobul àraidh ann an Damascus, d'am b'ainm Ananias, agus thubhairt an Tighearn ris ann am foillsicheadh, Ananias. Agus thubhairt esan, Feuch a ta mi 'n so, a Thighearn.

11 Agus thubhairt an Tighearn ris, Eirich, agus imich do'n t-sràid, d'an goirear Dìreach, agus iarr ann an tigh Iudais, duine o Tharsus d'an goirear Saul: oir feuch, a ta e ri ùrnaigh.

12 Agus chunnaic e ann am foill-seachadh duine d'an ainm Ananias, a' teachd a steach, agus a' cur a làimhe air, chum gu'm faigheadh e a radharc.

<sup>u</sup> marbhaidh. <sup>a</sup> thachair. <sup>b</sup> theirig, gabh. <sup>c</sup> nì. <sup>e</sup> sealladh.



13 An sin fhreagair Ananias, A Thighearn, chuala mi o mhòran mu'n duine so, cia lion olc a rinn e do d' naomhaibh ann an Ierusalem :

14 Agus a ta an so ùghdarras aige o uachdaranaibh nan sagart, iadsan uile a cheangal a ta gairm air t'ainm-sa<sup>e</sup>.

15 Ach thubhairt an Tighearn ris, Imich ; oir is soitheach taghta dhomhsa e, chum m'ainm a ghiulan am fianuis nan Cinneach, agus righ-rean, agus chloinn Israeil.

16 Oir nochdaidh mise dha cia mòr na nithe a's éigin da fhulang air sgàth m'ainmese.

17 Agus dh'imich Ananias, agus chaidh e steach do'n tigh ; agus ag cur a làmh air, thubhairt e, A Shaul, a bhràthair, chuir an Tighearn (eadhon Iosa a dh'fhoillsicheadh dhuitse anns an t-slighe air an d'thainig thu) mise chum gu'm faigheadh tu do radhare, agus gu'm biodh tu air do lionadh leis an Spiorad naomh.

18 Agus air ball thuit o shùilibh mar gu'm biodh lannan ; agus dh'aisigeadh a radhare dha gun dàil, agus air dha éirigh, bhaisteadh e.

19 Agus air gabhail bìdh dha, neartaicheadh e. An sin bha Saul làithean àraidh maille ris na deisciobluihb a bha ann an Damascus.

20 Agus air ball shearmonaich e Iosa<sup>f</sup> anns na sionagogaibh, gur esan Mac Dhé.

21 Ach bha na h-uile a chual e fa uamhas, agus thubhairt iad, Nach e so esan a bha sgrios ann an Ierusalem iadsan a bha gairm air an ainm so, agus a thainig an so chum na crìche so, gu'n d'thugadh e ceangailte iad dh'ionnsuidh uachdarana nan sagart ?

22 Ach bu mhòid a neartaicheadh Saul, agus chuir e gu h-amhluidh na h-Iudhaich a bha còmhnuidh ann an Damascus, a' dearbhadh gur e so an Criosd.

23 Agus air dol do mhòran làithean seachad, rinn na h-Iudhaich comhairle r'a chéile esan a mharbhadh.

24 Ach thugadh fios do Shaul air am feill<sup>g</sup> : agus bha faire aca air na geataibh a là agus a dh'oidhche chum a mharbhadh.

25 An sin ghabh na deisciobuil e san oidhche, agus chuir iad a mach thar a' bhalladh e, agus leig iad sìos ann an cliabh e.

26 Agus an uair a thainig Saul gu Hierusalem, dh'fheuch e ri e féin a cheangal ris na deisciobluihb ; ach bha eagal orra uile roimhe, agus cha do chreid iad gu'm bu deisciobul e.

27 Ach ghabh Barnabas d'a ionnsuidh e, agus thug e chum nan abstol e, agus chuir e'n céill doibh cionnus a chunnaic e'n Tighearn anns an t-slighe, agus gu'n do labhair e ris, agus cionnus a shearmonaich e gu dàna ann an Damascus an ainm Iosa.

28 Agus bha e maille riu a' teachd a steach, agus a' dol a mach ann an Ierusalem.

29 Agus labhair e gu dàna an ainm an Tighearna Iosa, agus rinn e deasboireachd an aghaidh nan Greugach : ach chuir iadsan rompa esan a mharbhadh.

30 Ach an uair a thuig na bràithre so, thug iad sìos e gu Cesarea, agus chuir iad air falbh gu Tarsus e.

31 An sin bha fois aig na h-eaglaisibh tre Iudea uile, agus Ghalile, agus Shamaria, agus air dhoibh bhi air an togail suas, agus a' siubhal ann an eagal an Tighearna, agus ann an comhfhurtachd<sup>h</sup> an Spioraid naomh, mheudaicheadh gu mòr iad.

32 Agus tharladh, air do Pheadar imeachd tre gach àite, gu'n deachaidh e sìos mar an ceudna chum nan naomh a bha gabhail còmhnuidh ann an Lida.

33 Agus fhuair e an sin duine àraidh d'am b'ainm Eneas, a bha rè ochd bliadhna air a leabaidh, agus e gu tinn leis a' phairilis<sup>i</sup>.

34 Agus thubhairt Peadar ris, Eneas, tha Iosa Criosd ga d' leigh-eas : éirich agus dean do leaba. Agus air ball dh'éirich e.

35 Agus chunnaic iadsan uile e, a

<sup>e</sup> a tha air an gairm air t'ainm. <sup>f</sup> Criosd. <sup>g</sup> ceilg.

<sup>h</sup> còmhnaidh, cuideachadh. <sup>i</sup> chrìth-ghalar.

bha chòmhnuidh ann an Lida, agus ann an Saron, agus phill iad chum an Tighearna.

56 A nis bha ban-deisciobul àraidh ann an Iopa d'am b'ainm Tabita, 'se sin, air eadar-theangachadh, Dorcas: bha a' bhean so làn do dheadh oibribh, agus do dhéircibh a rinn i.

57 Agus tharladh anns na làithibh sin, air dh'i bhi gu tinn gu'n d'fhuair i bàs: Agus air dhoibh a h-ionnlad, chuir iad ann an seòmar uachdarach i.

58 Agus air do Lida bhi fagus do Iopa, agus air cluinntinn do na deisciobluibh gu'n robh Peadar an sin, chuir iad dithis dhaoine d'a ionnsuidh, a' guidheadh air e theachd d'an ionnsuidh gun dàil.

59 An sin dh'éirich Peadar, agus chaidh e maille riu. Agus an uair a bha e air teachd, threòrach iad suas e do'n t-seòmar uachdarach: agus sheas na bantraichean uile làimh ris a' caoineadh, agus a' nochdadh nan còta agus nan truscan a rinn Dorcas am feadh a bha i maille riu.

40 Ach air do Pheadar an cur a mach uile, leig se e féin air a ghlùinibh agus rinn e ùrnuigh, agus air dha tionndadh ris a' chorp, thubhairt e, A Thabita, éirich. Agus dh'fhosgail ise a sùilean: Agus air dh'i Peadar fhaicinn, dh'éirich i 'na suidhe.

41 Agus thug e a làmh dh'i, agus thog e 'na seasamh i; agus an uair a ghairm e na naoimh agus na bantraichean, chuir e 'nan làthair beo i.

42 Agus fhuaradh fios air 30 tre Iopa uile; agus chreid mòran anns an Tighearna.

43 Agus tharladh gu'n d'fhan e mòran do làithibh ann an Iopa maille ri Simon àraidh fear-deasachaidh leathair.

### C A I B. X.

1 Air do Chornelius, duine cràbhach, àithne fhaghail o aingeal, chuir e fios air Peadar, 11 a tha air a theagasg ann an taisbean gun e dheanamh tàir air na Cinneachaibh: 34 Am feadh a ta e scarmonachadh

Chriosd do Chornelius agus d'a chuideachd, tha'n Spiorad naomh a' teachd a nuas orra, agus tha iad air am baisteadh.

A GUS bha duine àraidh ann an Cesarea, d'am b'ainm Cornelius, ceannard-ceud do'n chuideachd d'an goirear a' chuideachd Eadailteach,

2 Duine cràbhach, agus air an robh eagal Dé maille r'a thigh uile, a bha toirt mòrain déirce do'n t-sluagh, agus a' deanamh ùrnuigh ri Dia a ghnàth.

3 Chunnaic e ann an sealladh! gu soilleir, mu thimchioll na naothadh uaire do'n là, aingeal Dé a' teachd a stigh d'a ionnsuidh, agus ag ràdh, A Chorneliuis.

4 Agus air dhasan ambarc gu geur air, ghabh e eagal, agus thubhairt e, Ciod e, a Thighearn? Agus thubhairt e ris, Chaidh t'ùrnuighean agus do dhéircean suas mar chuimhneachan ann am fianuis Dé.

5 Agus a nis cuir daoine gu Iopa, agus cuir fios air Simon, d'an comh-ainm Peadar:

6 Tha e air aoidheachd maille ri Simon àraidh fear-deasachaidh leathair, aig am bheil a thigh làimh ris an fhaire: innsidh esan duit ciod is còir dhuit a dheanamh.

7 Agus an uair a dh'fhalbh an t-aingeal a labhair ri Cornelius, ghairm e d'a ionnsuidh dithis do mhuinntir a thighe, agus saighdear cràbhach do'n dream a bha ghnàth a' feitheamh air:

8 Agus an uair a chuir e an t-ionlan an céill doibh, chuir e iad gu Iopa.

9 Agus air an là maireach, 'n uair a bha iadsan air an turus, agus a' teachd am fagus do'n bhaile, chaidh Peadar suas air mullach an tighe a dheanamh ùrnuigh, mu thimchioll na seathadh uaire<sup>m</sup>.

10 Agus dh'fhàs e ro ocrach, agus bu mhiann leis biadh itheadh: ach am feadh a' bha iadsan ag ulluchadh, thuit e ann an neul.

11 Agus chunnaic e nèamh fosgailte, agus soitheach àraidh a' teachd



a nuas d'a ionnsuidh, mar bhraith-lìn<sup>n</sup> mhòir, ceangailte air a ceithir beannaibh<sup>o</sup>, agus air a leigeadh sìos air an talamh :

12 Anns an robh gach uile ghnè bheathaiche ceithir-chosach na talmhainn, agus bheathaiche allta, agus bhiasda snaigeach, agus eunlaith an athair.

13 Agus thainig guth d'a ionnsuidh, Eirich, a Pheadair; marbh agus ith.

14 Ach thubhairt Peadar, Ni h-eadh, a Thighearn; oir cha d'fth mi riamh aon ni coitichionn<sup>p</sup> no neo-ghlan.

15 Agus thubhairt an guth ris a rìs an daradh uair, Na nithe sin a ghlan Dia, na gairm thusa coitichionn.

16 Agus rinneadh so trì uairean : agus thogadh an soitheach a rìs suas gu neamh.

17 A nis an uair a bha Peadar fuidh amharus ann fèin ciod bu chiall do'n t-sealladh a chunnaic e, feuch, bha na daoine a chuireadh o Chornelius, an déigh dhoibh tigh Shimoin iarraidh, 'nan seasamh aig an dor-us.

18 Agus air gairm dhoibh, dh'fheòraich iad an robh Simon d'an comh-ainm Peadar, air aoidheachd an sin.

19 Am feadh a bha Peadar a' smuaineachadh air an t-sealladh, thubhairt an Spiorad ris, Feuch, tha triuir dhaoine ga d' iarraidh.

20 Uime sin éirich, agus gabh sìos, agus imich maille riu, gun amharus air bith a bhi ort: oir is mise a chuir uam iad.

21 Agus chaidh Peadar sìos chum nan daoine [a chuireadh d'a ionnsuidh o Chornelius;] agus thubhairt e, Feuch, is mise an ti a tha sibh ag iarraidh: ciod e an t-aobhar mu'n d'thainig sibh?

22 Agus thubhairt iadsan, Fhuair Cornelius an ceannard-ceud, duine cothromach, air am bheil eagal Dé, agus fuidh dheadh ainm<sup>r</sup> aig ciun-each nan Iudhach uile, rabhadh o Dhia le aingeal naomha, fios a chur

ortsa d'a thigh, agus briathran a chluinntinn uait.

23 An sin ghairm e steach iad, agus thug e aoidheachd dhoibh. Agus air an latha màireach dh'imich Peadar maille riu, agus chaidh dream àraidh do na bràithribh o Iopamaraon ris.

24 Agus air an là màireach chaidh iad a steach do Chesarea: agus bha Cornelius a' feitheamh riu, agus air gairm a luchd dàimh agus a chàirde disle an ceann a chéile.

25 Agus an uair a bha Peadar a' dol a steach, choinnich Cornelius e, agus thuit e sìos aig a chosaibh, agus rinn e aoradh dha.

26 Ach thog Peadar suas e, ag ràdh, Seas suas; is duine mise mar an ceudna.

27 Agus ag còmhradh ris, chaidh e steach, agus fhuair e mòran cruinn.

28 Agus thubhairt e riu, Tha fios agaibh gu bheil e mi-dhligheach do dhuine a tha 'na Iudhach, comhludair a chumail ri neach a tha do chinn-each eile, no teachd am fagus da: ach nochd Dia dhomhsa, gun duine air bith a ghairm coitichionn no neo-ghlan.

29 Uime sin thainig mise 'nuair a chuireadh fios orm, gun aon ni a ràdh 'na aghaidh: air an aobhar sin tha mi feòraich c'ar son a chuir sibh fios orm.

30 Agus thubhairt Cornelius, O'n cheathramh là gus an uair so bha mi a' deanamh trosgaidh, agus air an naothadh uair bha mi deanamh ùr-nuigh ann mo thigh, agus feuch, sheas duine a'm' làthair ann an eudach dealrach<sup>s</sup>.

31 Agus thubhairt e, A Chornelius, dh'éisdeadh t'ùrnuigh, agus tha do dhéircean air an cuimlineachadh am fianuis Dé.

32 Uime sin cuir gu Iopa, agus cuir fios air Simon, d'an comh-ainm Peadar; tha e air aoidheachd ann an tigh Shimoin fear-deasachaidh leath-air, làimh ris a' mhuir; neach 'nuair a thig e, a labhras riut.

33 Uime sin chuir mi air ball fios ort; agus is maith a rinn thu teachd. Air an aobhar sin tha sinne uile an

<sup>n</sup> lìon-eudach. <sup>o</sup> oisnibh. <sup>p</sup> cumanta. <sup>r</sup> air am bheil deadh theistcas.

<sup>s</sup> ro-gheal.

so a làthair am fianuis Dé, a dh'éisd-eachd nan uile nithe a tha air an àithneadh dhuitse le Dia.

34 An sin dh'fhosgail Peadar a bheul, agus thubhairt e, Gu fìrinn-eachd tha mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearsaibh seach a chéile:

35 Ach anns gach uile chinneach a ta an neach air am bheil eagalsan, agus a ta 'g oibreachadh fireantachd, taitneach aige.

36 Am focal a chuir Dia gu clann Israeil, a' searmonachadh sìth tre Iosa Criosd (neach is e Tighearna nan uile,)

37 Am focal sin is aithne dhuibh, a sgaoileadh air feadh tìre Iudea uile, agus a thòisich o Ghalile, an déigh a' bhaistidh a shearmonaich Eoin:

38 Cionnus a dh'ùng Dia Iosa o Nasaret leis an Spiorad naomh, agus le cumhachd; neach a chaidh m'an cuairt a' deanamh maith, agus a' slànuchadh nan uile a bha air am foireigneachadh<sup>t</sup> leis an diabhol: oir bha Dia maille ris.

39 Agus tha sinne 'nar fianuisibh air na h-uile nithibh a rinn e, araon ann an tìr nan Iudhach, agus ann an Ierusalem; neach a mharbh iad, 'ga chrochadh air crann:

40 Esan thog Dia suas air an treas là, agus nochd se e gu follaiseach,

41 Cha'n ann do'n t-sluagh uile, ach do fhianuisibh, a thaghadh le Dia roimh-làimh, eadhon dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris an déigh dha éirigh o na marbhaibh.

42 Agus dh'àithn e dhuinne searmonachadh do'n t-sluagh, agus fianuis a dheanamh gur esan a dh'orduicheadh le Dia 'na bhreitheamh air bheothaibh agus air mharbhaibh.

43 Dhasan tha na fàidhean uile a' toirt fianuis, gu'm faigh gach neach a chreideas ann maithneas 'nam peacadh trid ainmsan.

44 Am feadh a bha Peadar fathast a' labhairt nam briathar sin, thuirling<sup>u</sup> an Spiorad naomh orrasan uile a chual am focal.

45 Agus ghabh na creidmhidh do'n timchioll-ghearradh, a mheud diubh

'sa thainig maille ri Peadar, iongantach mòr, do bhrìgh gu'n do dhoirt-eadh air na Cinneachaibh mar an ceudna tiodhlac an Spioraid naoimh.

46 Oir chuala siad iad a' labhairt le teangaibh, agus ag àrd-mholadh Dhé. An sin fhreagair Peadar,

47 Am feud neach sam bith uisge a thoirmeasg, chum nach rachadh iad eo a bhaisteadh, a fhuair an Spiorad naomh, co maith ruinne?

48 Agus dh'orduich e iad a bhi air am baisteadh ann an ainm an Tigh-earna. An sin ghuidh iad air fannuinn maille riù làithean àraidh.

### C A I B. XI.

1. *Fhuaradh cron do Pheadar air son comhluidar a ghleidheadh ris na Cinneachaibh: 4 tha e 'g innseadh a reusoin, agus tha sin a' taitneadh r'a luchd-ditidh. 19 Tha'n soisgeul air a sgaoileadh feadh Phenice, agus Chìpruis, agus Antioch. 26 Tha na deisciobuil air an ainneachadh 'nan Criosduidhean air tùs ann an Antioch, &c.*

**A** GUS chuala na h-abstoil agus na bràithrean a bha ann an Iudea, gu'n do ghabh na Cinnich mar an ceudna ri focal Dé.

2 Agus an uair a chaidh Peadar suas gu Hierusalem, rinn iadsan a bha do'n timchioll-ghearradh conspoid ris.

3 Ag ràdh, Chaidh thu steach a dh'ionnsuidh dhaoine nach robh air an timchioll-ghearradh, agus dh'ith thu maille riù.

4 Agus thòisich Peadar, agus chuir e'n t-ìomlan an céill doibh an ordugh, ag ràdh,

5 Bha mi ann an cathair<sup>a</sup> Iopa ri ùrnuigh; agus ann an neul chunnaic mi sealladh, soitheach àraidh a' teachd a nuas, mar bhraith-lìn mhoir, air a leigeadh a nuas o nèamh air a ceithir beannaibh<sup>b</sup>; agus thainig i a'm<sup>u</sup> ionnsuidhse.

6 Agus air dhomh beachdachadh gu geur oirre, thug mi fainear, agus chunnaic mi beathaiche ceithir-chosach na talmhainn, agus na fiadhbheathaiche, agus na biasda snàigeach, agus eunlaith an athair.

<sup>t</sup> thugadh fuidh cheannsal.

<sup>u</sup> thuit. <sup>a</sup> baile. <sup>b</sup> oisnibh.



7 Agus chuala mi guth ag ràdh rium, Eirich, a Pheadair; marbh agus ith.

8 Ach thubhairt mise, Ni h-eadh, a Thighearn: oir cha deachaidh rianh aon ni coitichionn no neo-ghlan a steach do m' bheul.

9 Ach fhreagair an guth mi an daradh uair o nèamh, Na nithe a ghlan Dia na meas thusa neo-ghlan<sup>c</sup>.

10 Agus rinneadh so tri uairean: agus thogadh an t-iomlan a ris suas gu nèamh.

11 Agus feuch, air ball bha triuir dhaoine air teachd chum an tighe anns an robh mi, a chuireadh o Chesarea do m' ionnsuidh.

12 Agus thubhairt an Spiorad rium dol maille riu, gun amharus air bith a bhi orm. Agus chaidh mar an ceudna an t-seathnar bhràithre so maille rium, agus chaidh sinn a steach do thigh an duine:

13 Agus nochd e dhuinn cionnus a chunnaic e aingeal 'na sheasamh 'na thigh, a thubhairt ris, Cuir daoine gu Iopa, agus cuir fios air Simon, d'an comh-ainm Peadar:

14 Neach a labhras briathra riut, leis an saorar thu féin agus do thigh uile.

15 Agus an uair a thòisich mi air labhairt, thuirling<sup>d</sup> an Spiorad naomh orrasan, mar oirne air tùs.

16 An sin chuimhnich mise focal an Tighearna, mar a thubhairt e, Bhaist Eoin gun amharus le h-uisge; ach baistear sibhse leis an Spiorad naomh.

17 Uime sin ma thug Dia dhoibhsan a choimh-ionann tiodhlaca ruinne, a chreid anns an Tighearn Iosa Crìosd, cò mise gu'm bithinn comasach bacadh a chur air Dia.

18 Agus an uair a chual iad na nithe so, thosd iad, agus thug iad glòir do Dhia, ag ràdh, Thug Dia ma seadh mar an ceudna do na Cinneachaibh aithreachas chum na beatha.

19 A nis chaidh iadsan a sgapadh a mach leis an àmhlghar<sup>e</sup> a dh'èirich air son Stephain, gu ruig Phenice,

agus Cyprus, agus Antioch, gun am focal a labhairt ri aon neach ach ris na h-Iudhachaibh a mhàin.

20 Agus bha cuid diubh o Chiprus, agus o Chirene, dream air dhoibh dol a steach do Antioch, a labhair ris na Greugachaibh, a' searmonachadh an Tighearna Iosa.

21 Agus bha làmh an Tighearna maille riu: agus chreid àireamh mhòr, agus phill iad chum an Tighearna.

22 Agus thainig sgeula air na nithibh sin gu clasaibh na h-eaglais a bha ann an Ierusalem: agus chuir iad Barnabas uatha, chum gu'n rachadh e gu h-Antioch.

23 Neach an uair a thainig e, agus a chunnaic e grasa Dhé, a rinn gairdeachas, agus a dh'earail ort a uile, gu'n dlùth-leanadh iad ris an Tighearn le rùn cridhe.

24 Oir bha e 'na dhuine maith, agus làn do'n Spiorad naomh, agus do chreidimh. Agus chuireadh sluagh mòr ris an Tighearn.

25 An sin chaidh Barnabas gu Tarsus, a dh'iarraidh Shaul:

26 Agus air dha fhaotainn, thug e leis e gu h-Antioch. Agus tharladh, gu'n robh iad rè bliadhna iomlain air an cruinneachadh maille ris an eaglais, agus gu'n dò theagaisg iad sluagh mòr; agus gu'n do ghoireadh Crìosdaidhean do na deisciobluibh air tùs ann an Antioch.

27 Agus anns na làithibh sin thainig fàidhean o Hierusalem gu h-Antioch.

28 Agus air seasamh suas do aon diubh d'am b'ainm Agabus, dh'fhoillsich e tre an Spiorad, gu'm biodh gorta mhòr air feadh an domhain uile<sup>f</sup>: ni mar an ceudna a thachair ri linn Chlaudiuis Cheasair.

29 An sin chuir gach aon do na deisciobluibh roimhe, a réir a chomais, còmhlanadh a chur chum nam bràithrean a bha chòmhnuidh ann an Iudea.

30 Ni mar an ceudna a rinn iad, agus chuir iad e chum nan seanair le làmh Bharnabais agus Shaul.

<sup>c</sup> coitichionn. <sup>d</sup> thuit. <sup>e</sup> triobloid. <sup>f</sup> na tìre uile.

## C A I B. XII.

1 *Tha Rìgh Herod a' deanamh geur-leanmhuinn air na Criosdaidhibh, a' marbhadh Sheumais, agus a' cur Pheadair am prìosun, neach a ta air a thoirt a mach le aingeal tre ùrnuighibh na h-eaglais: 23 Tha Herod air a bhualadh le h-aingeal, agus a' bàsachadh gu truagh: 24 Tha focal Dé an déigh a bhàis-san a' soirbheachadh.*

**A** NIS mu'n àm sin, shìn Herod an rìgh a làmhnan, a dheanamh uile air dream àraidh do'n eaglais.

2 Agus mharbh e Seumas bràthair Eoin leis a' chlaidheamh.

3 Agus an uair a chunnaic e gu'n do thaitinn sin ris na h-Iudhachaibh, chaidh e air aghaidh a ghlaicadh Pheadair mar an ceudna. (Agus b' iad làithean an arain neo-ghoirtichte a bh' ann.)

4 Agus ghlaic e agus chuir e'm prìosun e, agus thug se e r'a gleidheadh do cheithir cheathrar shaighdear, fa rùn a thoirt a mach do'n t-sluagh an déigh na càisge.

5 Air an aobhar sin ghleidheadh Peadar anns a' phrìosun: ach bha brìth-ùrnuigh<sup>g</sup> air a deanamh leis an eaglais ri Dia air a shon.

6 Agus an uair a b' àill le Herod a thoirt a mach, san oidhche sin féin bha Peadar 'na chodal eadar dithis shaighdear, ceangailte le dà shlabh-ruidh: agus bha'n luchd-faire fa chomhair an doruis a' coimhead a' phrìosun.

7 Agus feuch, thainig aingeal an Tighearna air, agus dhealraich solus anns a' phrìosun: agus air bualadh taoibh Pheadair dha, dhùisg se e, ag ràdh, Eirich gu grad. Agus thuit a cheanglaiche d'a làmhnaibh.

8 Agus thubhairt an t-aingeal ris, Criosraich thu féin, agus ceangail ort do bhonn-bhrògan<sup>h</sup>: agus rinn e mar sin. Agus a deir e ris, Tilg t'fhalluingi umad, agus lean mise.

9 Agus chaidh e mach, agus lean se e, agus cha robh fhios aige gu'n robh e fìor an ni a rinneadh leis an

aingeal: ach shaoil e gu'm bu tais-bean<sup>l</sup> a chunnaic e.

10 Agus air dhoibh dol tre 'n cheud agus an dara faire, thainig iad chum a' gheataidh iarunn a ta treòrachadh do'n bhaile, a dh'fhosgail doibh leis féin: agus air dol a mach dhoibh, chaidh iad air an aghaidh tre aon sràid, agus air ball dh'fhalbh an t-aingeal uath.

11 Agus an uair a thainig Peadar chuige féin, thubhairt e, A nis tha fhios agam gu fìrinneach gu'n do chuir an Tighearna aingeal uath, agus gu'n do shaoir e mi o làimh Heroid, agus o uile dhùil pobuil nan Iudhach.

12 Agus an uair a smuainich e air a' chuìs, thainig e gu tigh Mhuire màthar Eoin, d'an comh-ainm Marcus, far an robh mòran cruinn, agus iad ri ùrnuigh.

13 Agus an uair a bha Peadar a' bualadh doruis a' gheataidh, thainig gruagach d'am b' ainm Rhoda a dh'èisdeachd.

14 Agus an uair a dh'aithnich i guth Pheadair, tre aoibhneas cha d'fhosgail i'n geata, ach ruith i stigh, agus dh'innis i gu'n robh Peadar 'na sheasamh aig a gheata.

15 Ach thubhairt iad rithe, Tha thu air mhi-chéill. Ach bha ise toirt dearbh-chinnt<sup>m</sup> gu'n robh e mar sin. An sin thubhairt iad, 'Se 'aingeal a ta ann.

16 Ach bhunaich Peadar a' bualadh an doruis: agus an uair a dh'fhosgail iad, agus a chunnaic iad e, bha iad làn uamhais.

17 Ach air dhasan smèideadh orra le a làimh iad a bhi 'nan tosd, chuir e'n céill doibh cionnus a thug an Tighearna as a' phrìosun e. Agus thubhairt e, Innsibh na nithe so do na bràthribh. Agus air dol a mach dha, chaidh e gu àit eile.

18 Agus air teachd do'n là bha iomairt<sup>n</sup> nach bu bheag am measg nan saighdear, cìod a thachair do Pheadar.

19 Agus air do Herod iarraidh, agus gun fhaotainn, rannsaich e an

<sup>g</sup> gnàth-ùrnuigh, sìor-ùrnuigh. <sup>h</sup> chuàrain. <sup>i</sup> do bhrat, t'eudach-uachdair. <sup>l</sup> shealladh. <sup>m</sup> a' cathachadh. <sup>n</sup> buaireas.



luchd-coimhead, agus dh'orduich e an toirt air falbh *chum peanaìs*. Agus chaidh e sìos o Iudea gu Cesarea, agus rinn e còmhnuidh *an sin*.

20 Agus bha fearg mhòr aig Herod ri muinntir Thìruis agus Shìdoìn: ach thainig iadsan a dh'aon inntinn d'a ionnsuidh, agus air dhoibh Blastus seomradair an rìgh a thoirt air an crann, dh'iarr iad sìth; do bhrìgh gu'n robh an tìr air a beathachadh le tìr an rìgh.

21 Agus air là orduichte, air do Herod bhi air a sgeudachadh le eudach rìoghail, agus na shuidhe air a rìgh-chaithir, labhair e gu deas-bhriathrach riu<sup>o</sup>.

22 Agus rinn an sluagh gairp, *ag ràdh*, Is guth Dé so, agus cha ghuth duine.

23 Agus air ball bhuail aingeal an Tighearn' e, do bhrìgh nach d'thug e a' ghloir do Dhia: agus dh'itheadh le cnuimhibh e, agus chaidh an deo as.

24 Ach dh'fhàs focal an Tighearna agus mheudaicheadh e.

25 Agus phill Barnabas agus Saul o Hierusalem, air dhoibh am minis- treileachd a choimhlionadh, a' toirt leo mar an ceudna Eoin, d'an comh- ainm Marcus.

### C A I B. XIII.

1 Tha Pòl agus Barnabas air an taghadh gu dol chum nan Cìnneach.

7 Mu thìnchioll Shergiuìs Pauluìs, agus Elimais an druidh. 14 A ta Pòl a' searmonachadh aig Antioch, gur e Iosa an Crìosd. 42 Tha na Cìnnich a' creidsinn; &c.

**A**NIS bha anns an eaglais a bha aig Antioch, fàidhean, agus luchd-teagaisg àraidh; mar a ta Barnabas, agus Simeon d'an goirear Nìger, agus Lucius o Chirene, agus Manaen, comhalta Heroid an Tetrairich, agus Saul.

2 Agus air bhi dhoibh ri minis- treileachd do'n Tighearn, agus a' trosgadh, thubhairt an Spiorad naomh, Cuiribh a leth dhomhsa Barnabas agus Saul, chum na h-oibre gus an do ghairm mi iad.

3 An sin air dhoibh trosgadh agus ùrnuigh a dheanamh, agus an làmh an a chur orra, leig iad uatha *iad*.

4 Mar sin air dhoibhsan a bhì air an cur a mach leis an Spiorad naomh, chaidh iad sìos gu Seleucia; agus o sin sheòl iad gu Ciprus.

5 Agus air bhi dhoibh ann an Salamis, shearmonaich iad focal Dé ann an sionagogaibh nan Iudhach: agus bha mar an ceudna Eoin aca mar fhear-frithealaidh.

6 Agus an uair a chaidh iad tre'n eilean gu Paphos, fhuair iad druidh àraidh, fàidh bréige, Iudhach, d'am b'ainm Bariesus:

7 Neach a bha maille ri Sergius Paulus an t-uachdaran, duine tuig- seach; air dhasan Barnabas agus Saul a ghairm d'a ionnsuidh, dh'iarr e focal Dé a chluinntinn.

8 Ach chuir Elimas an druidh (oir is ann mar so a dh'eadar-theangaich- ear ainm) 'nan aghaidh, ag iarraidh an t-uachdaran a thionndadh o'n chreidimh.

9 An sin air bhi do Shaul (da'n goirear Pòl) làn do'n Spiorad naomh, agus ag amharc gu geur air,

10 Thubhairt e, O thusa a ta làn do'n uile cheilg, agus do'n uile dhroch-bheirt, a mhic an diabhoil, a nàmhaid na h-uile fhìreantachd, nach sguir thu do fhìaradh shlighean dìr- each an Tighearna?

11 Agus feuch a nis, tha làmh an Tighearna ort, agus bithidh tu dall, gun a' ghrian fhaicinn rè tamuill. Agus air ball thuit ceò agus dorch- adas air; agus a' tionndadh m'an cuairt, dh'iarr e dream a thredraich- eadh air làimh e.

12 An sin an uair a chunnaic an t-uachdaran an nì a rinneadh, chreid e, air dha bhi làn iongantais mu theagasg an Tighearna.

13 Agus air gabhail luinge do Phòl agus d'a chuideachd o Paphos, thainig iad gu Perga na Pamphilia: agus air do Eoin am fàgail, phill e gu Hierusalem.

14 Ach air dhoibhsan imeachd o Pherga, thainig iad gu Antioch na Pisidia, agus chaidh iad a steach do'n

t-sionagog air latha na sàbaid, agus shuidh iad.

15 Agus an déigh leughadh an lagha agus nam Fàidh, chuir uachdairain na sionagoige d'an ionnsuidh, ag ràdh, Fheara agus a bhràithre, ma tha focal earail agaibh do'n t-sluagh, abraibh e.

16 An sin an uair a sheas Pòl suas agus a smèid e orra le làimh, thubhairt e, Fheara Israeil, agus sibhse air am bheil eagal Dé, éisdibh.

17 Thagh Dia a' phobuill 'so Israeil ar n-àithriche, agus dh'ardaich e'm pobull 'nuair a bha iad air choigrich ann an talamh na h-Eiphit, agus le làimh àrd thug e iad a mach aisde.

18 Agus mu thimchioll ùine dhà fhichead bliadhna ghiùlain e le'm beusaibh<sup>r</sup> anns an fhàsach.

19 Agus an uair a sgrios e seachd cinnich ann an tìr Chanaain, roinn e am fearann orrasan le crannchur.

20 Agus 'na dhéigh sin mu thimchioll ceithir cheud agus leth-cheud bliadhna, thug e dhoibh breitheamhna, gu Samuel am fàidh.

21 Agus 'na dhéigh sin dh'iarr iad rìgh: agus thug Dia dhoibh Saul mac Chis, duine do thréibh Bheniamin, rè dha fhichead bliadhna.

22 Agus air dha esan atharrachadh, thog e suas Diabhidh gu bhi 'na rìgh dhoibh; d'an d'thug e mar an ceudna fianuis, ag ràdh, Fhuair mi Daibhidh mac Iese, duine a réir mo chridhe féin, a ni m'uile thoil.

23 Do shliochd an duine so thog Dia suas do Israel a réir a gheallaidh, Slànuighear, eadhon Iosa:

24 Air do Eoin roimh a theachd-san, baisteadh an aithreachais air tùs a shearmonachadh do phobull Israeil uile.

25 Agus mar a choimhlion Eoin a thriall<sup>s</sup>, thubhairt e, An ti a ta sibh a' saòilsinn is mise, cha mhi e. Ach feuch, a ta neach a' teachd a'm' dhéigh, nach fiu mī brògan a chos fhuasgladh.

26 Fheara agus a bhràithre, a chlann fine Abraham, agus a mheud agaibh air am bheil eagal Dé, 's ann

chugaibh<sup>s</sup> a chuireadh focal na slàinte so,

27 Oir iadsan a ta chòmhluaidh ann an Ierusalem, agus an uachdarain, air dhoibh bhi aineolach a'rsan, agus air foclaibh nam Fàidh a ta air an leughadh gach sàbaid, le esan a dhiteadh choimhlion siad iad.

28 Agus ge nach d'fhuair iad coire bàis air bith ann, dh'iarr iad air Pilat gu'n cuirteadh esan gu bàs.

29 Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithe bha scrìobhta mu thimchioll, thug iad a nuas o'n chrann e, agus chuir iad ann an uaigh e.

30 Ach thog Dia suas o na marbhaibh e:

31 Agus chunncas e rè mòrain làithean leo-san a chaidh suas maille ris o Ghalile gu Hierusalem, dream a ta 'nam fianuisibh dhasan do'n t-sluagh.

32 Agus a ta sinne a' soisgeulachadh dhuibhse a' gheallaidh<sup>t</sup>, a rinn-eadh do na h-aithrichibh,

33 Gu'n do choimhlion Dia so dhuinne an clann, air dha Iosa thogail suas; mar a ta e scrìobhta mar an ceudna san dara Salm, Is tu mo Mhacsa, an diugh ghin mi thu.

34 Agus mar dhearbhadh gu'n do thog e suas e o na marbhaibh, gun e a philltinn air ais tuilleadh chum truailidheachd, thubhairt e mar so, Bheir mise dhuibh tròcaire cinnteach Dhaibhidh.

35 Uime sin a deir e mar an ceudna ann an Salm eile, Cha'n fhuiling thu do d'Aon naomha gu'm faic e truailidheachd.

36 Oir an déigh do Dhaibhidh a ghinealach féin a riarachadh a réir toil Dhé, choidil e, agus chuireadh e chum aithriche, agus chunnaic e truailidheachd:

37 Ach an ti a thog Dia suas, cha'n fhac e truailidheachd.

38 Uime sin biodh fhios agaibhse, fheara agus a bhràithre, gur ann tre'n duine so a ta maithneas peacaidh air a shearmonachadh dhuibh:

39 Agus tridsan a ta gach neach a chreidcas air a shaoradh o na h-uile

<sup>r</sup> dh'altrum e iad.

<sup>s</sup> a thurus, a chùrsa.

<sup>t</sup> ag innseadh deadh sgéil duibhse eadhon a' gheallaidh.



nithibh, 'o nach robh e'n comas duibh bhi air bhur saoradh le lagh Mhaois.

40 Thugaibh aire uime sin, nach d'thig oirbh an ni a ta air a ràdh anns na Faidhibh,

41 Feuchaibh, a luchd-tarcuis, agus gabhaibh iongantais, agus rachadh as duibh<sup>u</sup>: oir oibricheamsa obair ann bhur làithibhse, obair nach creid sibh idir, ge do chuireadh duine an céill duibh e.

42 Agus an uair a chaidh na h-Iudhaich a mach as an t-sionagog, ghuidh na Cinnich gu'n rachadh na briathra so a labhairt riu féin an t-sabaid 'na dhéigh sin.

43 A nis an uair a sgaoil an coimhthional, lean mòran do na h-Iudhachaibh agus do na proselitich chràbhach Pòl agus Barnabas: agus labhair iadsan riu, agus chuir iad im-pidh orra fuireach ann an gràs Dhé.

44 Agus air an latha sabaid a b'fhaigse, is beag nach do chruinnich am baile gu h-iomlan a dh'éisdeachd ri focal Dé.

45 Ach an uair a chunnaic na h-Iudhaich na slòigh, lìonadh iad le h-eud<sup>a</sup>, agus labhair iad an aghaidh nan nithe sin a labhradh le Pòl, a' labhairt 'nan aghaidh agus a' tabhairt toibheim.

46 An sin dh'fhàs Pòl agus Barnabas dàna, agus thubhairt iad, B'éigin focal Dé bhi air a labhairt ribhse air tùs: ach do bhrìgh gu'n do chuir sibh cùl ris, agus gur i bhur breth oirbh féin nach fìu sibh a' bheatha mhaireannach, feuch, a ta sinne a' pilltinn chum nan Cinneach.

47 Oir is ann mar sin a dh'àithn an Tighearna dhuinn, *ag ràdh*, Chuir mi thu mar sholus do na Cinnich, chum gu'm bitheadh tu mar shlàinte gu iomall na talmhainn.

48 Agus an uair a chuala na Cinnich so, rinn iad gairdeachas, agus ghhlòraich iad focal an Tighearna: agus chreid a' mheud 'sa bha orduichte<sup>b</sup> chum na beatha maireannach.

49 Agus sgaoileadh focal an Tighearna feadh na tìre uile:

50 Ach bhrosnaich na h-Iudhaich na mnàì chràbhach agus urramach, agus daoin' uaisle<sup>c</sup> na cathrach, agus thog iad geur-leanmhuinn air Pòl agus Barnabas, agus thilg iad a mach as an crìochaibh iad.

51 Ach chrath iadsan duslach an cos dhiubh 'nan aghaidh, agus thainig iad gu Iconium.

52 Agus bha na deisciobuil air an lìonadh le h-aobhneas, agus leis an Spiorad naomh.

### C A I B. XIV.

1 Tha Pòl agus Barnabas air an dian-ruagadh o Iconium. 8 Tha Pòl aig Listra a' leigheas a chrìoplaich: uime sin mheasadh iad 'nan déibh. 19 Chlachadh Pòl: 21 chaidh iad trid ìomadh eaglais, a' daingneachadh nan deisciobul ann an creidimh agus ann am faighidìn: 26 agus air pilltinn gu h-Antioch dhoibh, dh'aithris iad na nithe a rinn Dia leo.

**A** GUS tharladh ann an Iconium, gu'n deachaidh iad araon a steach do shionagog nan Iudhach, agus gu'n do labhair iad air chor as gu'n do chreid cuideachd mhòr do na h-Iudhachaibh, agus mar an ceudna do na Greugachaibh.

2 Ach bhrosnaich na h-Iudhaich mhi-chreideach, agus lìon iad do dhroch rùn inntinn nan Cinneach an aghaidh nam bràithre.

3 Uime sin dh'fhan iad aimsir fhada a' labhairt gu dàna mu thimchioll an Tighearna, a rinne fianuis do fhocal a ghràis, agus a thug faineas comharan agus mìorbhuilean a bhi air an deanamh le'n làmbaibh-san.

4 Ach bha sluagh a' bhaile air an roinn: agus bha cuid diubh leis na h-Iudhachaibh, agus cuid eile leis na h-abstolaibh.

5 Agus an uair a thugadh ionnsuidh araon leis na Cinneachaibh, agus mar an ceudna leis na h-Iudhachaibh, maille r'an uachdaranaibh, chum iadsan a mhaslachadh agus a chlachadh,

<sup>u</sup> rachaibh as an t-scalladh.

<sup>a</sup> tnuith.

<sup>b</sup> air an cur an ordugh.

<sup>c</sup> prìomh dhaoine.

6 'Nuair a thuig iadsan so, theich iad gu Lистра agus Derbe, bailte do Licaonia, agus chum na dùcha m' an cuairt.

7 Agus bha iad a' searmonachadh an t-soisgeil an sin.

8 Agus bha ann an Lистра duine àraidh gun lùth 'na chosaibh 'na shuidhe, a bha bacach o bhroinn a mhàthar, neach nach d'imich riamh.

9 Chual esan Pòl a' labhairt: neach air dha amharc gu geur air, agus a thuigsinn gu robh creidimh aige chum a leigheas,

10 Thubhairt e le guth àrd, Seas suas gu dìreach air do chosaibh. Agus leum esan agus dh'imich e.

11 Agus an uair a chunnaic an sluagh an ni a rinn Pòl, thog iad an guth, ag ràdh ann an cànan Licaonia, Tha na Dée air teachd a nuas an coslas dhaoine d'ar n-ionnsuidhne.

12 Agus ghoir iad do Bharnabas, Iupiter; agus do Phòl, Mercurius, do bhrìgh gu'm b'e am prìomh fhear-labhairt e.

13 An sin thug sagart Iupiteir a bha fa chomhair an cathrachsan, tairbh agus blàth-fhleasgaidh chum nan geata, agus b'aill leis ìobairt a dheanamh maille ris an t-sluagh.

14 Ach an uair a chuala na h-abstoil Barnabas agus Pòl so, reub iad an eudach, agus ruith iad a steach am measg an t-sluaigh, ag éigheach,

15 Agus ag ràdh, A dhaoine, c'ar son a ta sibh a' deanamh nan nithe so? oir is daoine sinne cosmhuil ribh féin thaobh fulangais<sup>e</sup>, a' searmonachadh dhuibhse, pilltinn o na nithibh diomhain sin chum an Dé bheo, a rinn nèamh, agus an talamh, agus an cuan, agus na h-uile nithe a ta ann-ta:

16 Neach anns na lùnnibh a chaidh seachad, a dh'fhuiling do na h-uile Chinneachaibh imeachd 'nan slighibh féin.

17 Gidheadh, cha d'fhàg se e féin gun fhianuis, a' deanamh maith, agus a' toirt dhuinn uisge o nèamh, agus aimsire tarbhach, a' lìonadh ar cridheacha le biadh agus le subhachas.

18 Agus ag ràdh nan nithe so

dhoibh, is gann a chum iad an sluagh gun ìobairt a dheanamh dhoibh.

19 Agus thainig Iudhaich o Antioch agus o Iconium, agus chomhairlich iad an sluagh, agus air dhoibh Pòl a chlachadh, tharruing iad a mach as a' bhaile e, a' saoilinn gu robh e marbh.

20 Ach air seasamh do na deisciobluibh m'a thimchioll, dh'éirich e, agus chaidh e steach do'n bhaile: agus air an là maireach dh'imich e maille ri Barnabas gu Derbe.

21 Agus an uair a shearmonaich iad an soisgeul do'n bhaile sin, agus a rinn iad mòran dheisciobul, phill iad gu Lистра, agus Iconium, agus Antioch,

22 A' neartachadh anama nan deisciobul, agus ag earail f'orra buanachadh sa' chreidimh, agus a' teugasg gur ann tre iomadh àmhghar is éigin duinn dol a steach do rìoghachd Dhé.

23 Agus an uair a dh'orduich iad seanairean dhoibh anns gach eaglais, agus a rinn iad ùrnuigh maille ri trosgadh, dh'earb siad iad ris an Tighearn, anns an do chreid iad.

24 Agus an déigh dhoibh dol tre Phisidia, thainig iad gu Pamphilia.

25 Agus air dhoibh am focal a labhairt ann am Perga, chaidh iad sìos gu Atalia:

26 Agus sheòl iad as sin gu Antioch, an t-àit o'n d'earbadh iad ri gràs Dhé, chum na h-oibre a choimhlion iad.

27 Agus an uair a thainig iad, agus a chruinnich iad an eaglais an ceann a chéile, dh'aithris iad meud nan nithe a rinn Dia leo, agus gu'n d'fhosgail e dorus creidimh do na Cinneachaibh.

28 Agus dh'fhan iad an sin aimsir nach bu bheag maille ris na deisciobluibh.

## C A I B. XV.

1 Tha connsachadh mòr ag éirigh mu thimchioll an timchioll-ghearraidh:

6 Tha na h-abstoil a' cumail comhairle m' an chùis sin, 22 agus a' cur orduigh na comhairle ann an

d lus-chrùna.

e aig am bheil comh-aighe ribh féin.

f guidheadh.



*litrìchibh chum nan eaglais. 56 Air do Phòl agus do Bharnabas bhi a' smuaineachadh air dol araon a dh'amharc am bràithre, chuir iad a mach air a chèile, agus dhealaich iad.*

**A**GUS theagaisg dream àraidh a thainig a nuas o Iudea, na bràithre, *ag ràdh*, Mur timchioll-ghearrar sibh a réir gnàtha Mhaois, cha 'n'eil e'n comas duibh bhi air bhur slànuchadh.

2 Uime sin air do Phòl, agus do Bharnabas connachadh agus deas-boireachd nach bu bheag a bhi aca riu, dh'orduich iad Pòl agus Barnabas, agus dream àraidh eile dhiubh féin, a dhol suas chum nan abstol agus nan seanair gu Hierusalem mu timchioll an ceisde so.

5 Agus air dhoibh bhi air an toirt air an aghaidh leis an eaglais, chaidh iad tre Phenice, agus Shamaria, a' cur an céill iompochaidh nan Cinneach: agus thug iad aoibhneas mòr do na bràithribh uile.

4 Agus an uair a thainig iad gu Hierusalem, ghabhadh riu leis an eaglais, agus na h-abstolaibh, agus na seanairibh, agus dh'innis iad meud nan nithe a rinn Dia leo-san.

5 Ach dh'éirich dream àraidh do bharail nam Phairiseach a bha 'nan creidmhidh, *ag ràdh*, Gur còir an timchioll-ghearradh, agus àithneadh dhoibh lagh Mhaois a choimhead.

6 Agus thainig na h-abstoil agus na seanairean an ceann a chèile a dh'fheuchainn mu'n chùis so.

7 Agus an déigh mòrain deasboireachd, dh'éirich Peadar agus thubhairt e riu, Fheara agus a bhràithre, tha fhios agaibh o chionn fhada gu'n do ròghnuich Dia 'nar measgne, o'm' bheulsa gu'n cluinneadh na Cinnich focal an t-soisgeil, agus gu'n creideadh iad,

8 Agus rinn an Dia d'an aithneadh an cridhe, fianuis dhoibh, a' tabhairt an Spioraid naoinh dhoibh, mar a thug e dhuinne;

9 Agus cha d'rinn e eadar-dhealachadh eadar sinne agus iadsan, a' glanadh an cridhe le creidimh.

10 C'ar son uime sin a nis a ta sibh a' cur cathachaidh air Dia, le cuing a chur air muineal nan deisciobul, nach robh aon chuid ar n-aithriche no sinne comasach air a giùlan?

11 Gidheadh a ta sinn a' creidsinn, tre ghràs an Tighearna Iosa Criosd, gu saorar sinn amhuil mar iadsan.

12 An sin dh'fhan a' chuideachd uile 'nan tosd, agus thug iad éisdeachd do Bharnabas agus do Phòl, ag inn-seadh meud nan comhar agus nam mìorbhuile a rinn Dia leo-san am measg nan Cinneach.

15 Agus an déigh dhoibh bhi 'nan tosd, fhreagair Seumas, *ag ràdh*, Fheara agus a bhràithre, éisdibh riumsa.

14 Chuir Simeon an céill cionnus a dh'fhiosraich Dia na Cinnich air tùs, le pobull a ghabhail as am measg d'a ainm féin.

15 Agus da so tha briathra nam fàidh a' coimh-fhreagairt; a réir mar a ta e scrìobhta,

16 An déigh so pillidh mi, agus togaidh mi suas a rìs pàilliun Dhaibhidh, a ta air tuiteam: agus togaidh mi a rìs an ni a thuit deth, agus cuiridh mi suas e:

17 Chum gu'n iarr fuigheall nan daoine an Tighearn, agus na h-uile Chinnich, air an goirear m'ainmse, a deir an Tighearn, a ta deanamh nan nithe sin uile.

18 Tha fios oibre féin uile aig Dia o thoiseach an t-saoghail.

19 Uime sin is i mo bhrèthse, nach cuir sinn mi-shuaimhneas orra-san do na Cinnich, a ta air pilltinn chum Dhé:

20 Ach gu'n scriobh sinn d'an ionnsuidh, iad a sheachnadh truailleachd iodhola, agus strìopachais, agus ni tachdta, agus fola.

21 Oir a ta aig Maois o na linnibh cian anns gach baile daoine a ta 'ga shearmonachadh, air dha bhi air a leughadh gach latha sàbaid anns na sionagogaibh.

22 An sin chunncas do na h-abstolaibh, agus do na seanairibh, maille ris an eaglais uile, daoine taghta dhiubh féin a chur gu Antioch, maille

ri Pòl agus Barnabas; *eadhon*, Iudas d'an comh-ainm Barsabas, agus Silas, daoine inbheach am measg nam bràithre:

23 Agus scrìobh iad litriche leo air an dòigh so, Tha na h-abstoil, agus na seanairean, agus na bràithrean a' cur beannachd chum nam bràithre do na Cinnich a ta ann an Antioch, agus ann an Siria, agus ann an Cilicia.

24 Do bhrìgh gu'n cuala sinne, gu'n do chuir dream àraidh a chaidh uainne mi-shuaimhneas oirbh le briathraibh, ag atharrachadh bhuir inntinn, ag ràdh, *Gur còir dhuibh bhi air bhuir timchioll-ghearradh*, agus an lagh a choimhead; do nach d'thug sinne a *leithid sin* a dh'àithne:

25 Chunncas duinne, air dhuinn bhi cruinn a dh'aon toil, daoine taghta a chur d'ar ionnsuidhse, maille r'ar bràithribh gràdhach Barnabas agus Pòl;

26 Daoine a thug an anama féin air son ainme ar Tighearna Iosa Crìosd.

27 Chuir sinn uime sin Iudas agus Silas uainn, a dh'innseas *duibh* na nithe ceudna le cainnt bheoil.

28 Oir chunncas do'n Spiorad naomh, agus dhuinne, gun ni air bith tuilleadh a chur oirbh a dh'uallaich ach na nithe feumail so;

29 Sibh a sheachnadh nithe a chaidh ìobradh do ìodholaibh, agus fola, agus ni tachdta, agus strìopachais: uatha so ma choimhideas sibh sibh féin, ni sibh gu maith. Slàn libh.

30 Uime sin an uair a leigeadh uatha iad, thainig iad gu h-Antioch: agus air cruinneachadh an t-sluaigh dhoibh, thug iad seachad an litir.

31 Agus an uair a leugh iad *sin*, rinn iad gairdeachas air son na comhfhurtachd.

32 Agus air bhi do Iudas agus do Shilas nam fàidhibh iad féin, le mòran bhriathraibh dh'earailich, agus neartaich iad na bràithre.

33 Agus air fuireach rè ùine dhoibh, leigeadh air falbh an sìth iad o na bràithribh chum nan abstol.

34 Gidheadh chunncas do Shilas comhnuidh a dheanamh an sin.

55 Dh'fhan Pòl mar an ceudna agus Barnabas ann an Antioch, a' teagasg agus a' searmonachadh maille re mòran eile mar an ceudna, focail an Tighearna.

56 Agus an déigh làithean àraidh, thubhairt Pòl ri Barnabas, Pilleamaid agus faiceamaid ar bràithre, anns gach baile anns an do shearmonaich sinn focal an Tighearna, cionnus a ta iad.

57 Agus b'àill le Barnabas iad a thoirt Eoin, d'an comh-ainm Marcus leo.

58 Ach cha do mheas Pòl gu'm bu chòir dhoibh esan, a dh'fhalbh uatha o Phamphilia, agus nach deachaidh maille riu chum na h-oibre, a thoirt leo.

59 Dh'éirich uime sin conspoid eatorra co dian, as gu'n do sgaradh o chéile iad: agus mar sin thug Barnabas leis Marcus, agus chaidh e air luing gu Cìprus;

40 Ach thagh Pòl Silas, agus dh'imich e, air dha bhi air earbsadh ri gràs Dé leis na bràithribh.

41 Agus shiubhail e tre Shiria agus Chilicia, a' neartachadh nan eaglais.

## C A I B. XVI.

1 Tha Pòl a' timchioll-ghearradh *Timoteus*: 7 air a ghairm leis an Spiorad o dhùthaich gu dùthaich; 14 ag ìompachadh *Lidia*: 16 a' tilgeadh a mach spioraid fìosachd: 19 uime sin tha e féin agus Silas air an sgùrsadh, agus air an cur am prìosun. 26 Tha dorsan a' phrìosuìn air am fòsgladh, agus an dorsair air ìompachadh. 35 Tha iadsan air an cur fa sgaoil.

**A**N sin thainig e gu Derbe agus Listra: agus feuch, bha deisciobul àraidh an sin, d'am b'ainm Timoteus, mac mnà àraidh do'n chinneach Iudhach, a bha 'na creidmheach; ach bu Ghreugach a b'athair dha:

2 A bha fa dheadh ainm aig na bràithribh a bha ann an Listra agus ann an Iconium.

3 Bha toil aig Pòl am fear so a



dhol a mach maille ris; agus ghabh e agus thimchioll-ghearr se e, air son nan Iudhach a bha anns na h-àitibh sin: oir bha fios ac' uile gu'm bu Ghreugach athair.

4 Agus mar a shiubhail iad tre na bailtibh, thug iad doibh na h-orduigh-ean r'an coimhead, a dh'orduicheadh leis na h-abstolaibh agus na seanairibh a bha ann an Ierusalem.

5 Agus mar sin bha na h-eaglais-ean air an daingneachadh anns a' chreidimh, agus mheudaicheadh iad gach là an àireamh.

6 A nis an uair a chaidh iad tre Phrigia, agus tir Ghalatia, agus a bhacadh dhoibh leis an Spiorad naomh am focal a labhairt san Asia,

7 An déigh dhoibh teachd gu Misia, dh'fheuch iad ri dol gu Bitinia: ach cha do leig an Spiorad<sup>m</sup> leo.

8 Agus air dhoibh gabhail seachad air Misia, chaidh iad sìos gu Troas.

9 Agus chunncas sealladh<sup>n</sup> le Pòl san oidhche: Sheas duine àraidh o Mhacedonia, agus ghuidh e air, ag ràdh, Thig thairis gu Macedonia, agus cuidich leinne.

10 Agus an uair a chunnaic e an sealladh, air ball dh'farr sinn dol thairis gu Macedonia, a' dearbhuighsinn gu'n do ghairm an Tighearna sinn chum an soisgeul a shearmonachadh dhoibh.

11 Uime sin air dhuinn Ìong a ghabhail o Throas, thainig sinn gu dìreach gu Samotracia, agus air an là 'na dhéigh sin gu Neapolis;

12 Agus o sin gu Philipi, ceud<sup>o</sup> bhaile na cuid sin, do Mhacedonia, agus b'ùr-threabhachas<sup>p</sup> e: agus bha sinn a chòmhnuidh anns a' bhaile sin làithean àraidh.

13 Agus air là na sàbaid chaidh sinn a mach as a' bhaile ri taobh ainhne, far am b'àbhaist ùrnuigh a dheanamh<sup>r</sup>; agus air dhuinn suidhe, labhair sinn ris na maaibh a chruinnicheadh an sin.

14 Agus dh'éisd bean àraidh ruinn d'am b'ainm Lidia, bean-reicidh purpur<sup>s</sup>, o chathair Thiatira, a bha deanamh aoraidh do Dhia; aig an d'fhos-

gail an Tighearn a cridhe, ionnas gu'n d'thug i aire do na nithibh a labhradh le Pòl.

15 Agus an uair a bhaisteadh i, agus a teaghlach, ghuidh i oirnn, ag ràdh, Ma mheas sibh mise-bhi dileas do'n Tighearn, thigibh a steach do m' thigh, agus deanaibh còmhnuidh ann. Agus choimh-éignich i sinn.

16 Agus tharladh, ag dol dhuinne chum ùrnuigh, gu'n do thachair oirnn ban-tràill àraidh, aig an robh spiorad fiosachd, a thug mòr bhuannachd d'a maighstiribh le fiosachd a dheanamh:

17 Lean ise Pòl agus sinne, agus ghlaodh i, ag ràdh, 'S iad na daoine so seirbhiseich an Dé a's ro-àirde, a ta a' nochdadh dhuinne slighe na slàinte.

18 Agus rinn i so rè mòrain do làithibh. Ach air do Phòl a bhi doilich, thionndaidh e agus thubhairt e ris an Spiorad, A ta mi toirt orduigh dhuit ann an ainm Iosa Criosd dol a mach aisde. Agus chaidh e mach air an uair sin féin.

19 Agus an uair a chunnaic a maighstirean gu'n d'fhalbh dòchas<sup>t</sup> am buannachd, rug iad air Pòl agus air Silas, agus tharruing iad do'n mhargadh iad, chum nan uachdaran.

20 Agus air dhoibh an toirt chum luchd-riaghluidh a' bhaile, thubhairt iad, Tha na daoine so a' buaireadh ar baile gu ro mhòr, air dhoibh bhi 'nan Iudhachaibh,

21 Agus a ta iad a' teagasg ghnàth-anna nach 'eil ceaduichte dhuinne a ghabhail no leantuinn, do bhrìgh gur Romhanaich sinn.

22 Agus dh'éirich an sluagh dh'aon-fheachd 'nan aghaidh: agus reub na h-uachdarain an eudach diubh, agus dh'àithn iad an sgiùrsadh le slataibh.

23 Agus an déigh dhoibh iomadh buille a leagadh orra, thilg iad am prìosun iad, a' toirt sparraidh do fhear-coimhead a' phrìosuinn an gleidheadh gu tèaruine.

24 Neach air dha an àithne sin fhaotainn, a thilg iad do'n phrìosun

<sup>m</sup> Spiorad Iosa. <sup>n</sup> taisbean. <sup>o</sup> prìomh. <sup>p</sup> cholamhuin; colony. <sup>s</sup> Sasg.

<sup>r</sup> do thigh ùrnuigh a bhi. <sup>s</sup> corcuir. <sup>t</sup> earbsa.

a b'fhaide a stigh, agus a dhaingnich an cosa sa' cheap.

25 Agus mu mheadhon-oidhche air do Phòl agus do Shilas ùrnuigh a dheanamh, sheinn iad laoidh-mholaidh do Dhia; agus chuala na prìosunaich iad.

26 Agus gu h-obann bha crith-thalmhainn mhòr ann, air chor as gu'n do chrathadh bunaitean a' phrìosuin: agus air ball dh'fhosgladh na dorsan uile, agus dh'fhuasgladh cuibhreacha gach neach *aca*.

27 Agus air do fhear-coimhead a phrìosuin dùsgadh a codal, agus air faicinn dorsa a' phrìosuin fosgailte, tharruing e a chlaidheamh, air tì<sup>n</sup> e féin a mharbhadh, a' saòilsinn gu robh na prìosunaich air teicheadh.

28 Ach ghlaodh Pòl le guth àrd, ag ràdh, Na dean cron sam bith ort féin; oir tha sinn uile an so.

29 Agus air gairm soluis dasan, leum e steach, agus thainig e air chrith, agus thuit e sìos an làthair Phòil agus Shilais;

30 Agus air dha an tabhairt a mach, thubhairt e, A mhaighstirean, ciod is còir domh dheanamh chum gu saorar<sup>a</sup> mi?

31 Agus thubhairt iadsan, Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd, agus saorar thu féin, agus do thigh.

32 Agus labhair iad focal an Tighearna ris, agus rìusan uile a bha 'na thigh.

33 Agus air dha an toirt leis air an uair sin féin do'n oidhche, nigh e an creuchdan; agus bhaisteadh e féin, agus a mhuinntir uile, gun dàil.

34 Agus an uair a thug e d'a thigh iad, chuir e bord rompa, agus rinn e gairdeachas maille r'a theaghlach uile, a' creidsinn an Dia.

35 Agus air teachd do'n là, chuir an luchd-riaghluidh na maoir uatha, ag ràdh, Leig air an comas na daoine sin.

36 Agus dh'innis fear-coimhead a' phrìosuin na briathra so do Phòl, Gu'n do chuir an luchd-riaghluidh fios uatha sibhse a leigeadh as: uime sin rachaidh a mach, agus imichibh an sìth.

37 Ach thubhairt Pòl riu, an déigh dhoibh ar sgiùrsadh gu follaiseach gun ar dìteadh, agus gur Romhanaich sinn, thilg iad am prìosun sinn; agus a nis am b'àill leo ar cur a mach os ìosal? ni h-eadh gu deimhin; ach thigeadh iad féin agus thugadh iad a mach sinn.

38 Agus dh'innis na maoir na briathra sin do na h-uachdaranaibh: agus ghabh iad eagal an uair a chual iad gu'm bu Romhanaich iad.

39 Agus thainig iad agus chuir iad impidh orra, agus air dhoibh an toirt a mach, ghuidh iad orra imeachd a mach as a' bhaile.

40 Agus air dol a mach as a' phrìosun doibh, chaidh iad a steach do thigh Lidia: agus an uair a chunnaic iad na bràithre, thug iad comhfhurtachd dhoibh, agus dh'imich iad rompa.

## C A I B. XVII.

1 Tha Pòl a' searmonachadh aig *Tesalonica*, 4 far am bheil cuid a' creidsinn, agus cuid eile a' deanamh geur-leanmhuinn air. 10 Tha e air a chur gu Berea, agus a' searmonachadh an sin. 13 Tha geur-leanmhuinn air a dkeanamh air; 15 tha e-teachd gu baile na h-Aithne, agus a' deasboireachd, agus a' searmonachadh dhoibh an Dé bheo: 34 tha cuid air an ìompachadh gu Crìosd.

**A** NIS air dhoibh imeachd tre Amphipolis, agus Apolonia, thainig iad gu *Tesalonica*, far an robh sionagag aig na h-Iudhachaibh.

2 Agus mar bu ghnàth le Pòl, chaidh e steach d'an ionnsuidh, agus air trì làithibh sàbaid reusonaich<sup>b</sup> e riu as na scriobtuiribh,

3 'Gam fosgladh agus a' dearbhadh gu'm b'éigin do Chrìosd fulang, agus éirigh a ris o na marbhaibh: agus gur e an t-Iosa so a ta mise a' searmonachadh dhuibh, Crìosd.

4 Agus chreid cuid diubh, agus lean iad ri Pòl agus ri Silas: agus do na Greugaich, chràbhach buidheann mhòr, agus do na mnaibh inbheach àireamh nach bu bheag.



5 Ach air do na h-Iudhachaibh mi-chreideach bhi air am brosnachadh le tnuith<sup>c</sup>, ghabh iad d'an ionnsuidh droch-dhaoine àraid do na corraibh-margaidh<sup>e</sup>, agus air tionall cuid-eachd mòire dhiubh, chuir iad am baile uile thar a chéile, agus chuairtich iad tigh Iasoin, agus dh'iarr iad an toirt a mach chum an t-sluaigh.

6 Agus an uair nach d'fhuair siad iad, tharruing iad Iason, agus bràithrean àraidh chum uachdaran a' bhaile, ag éigheach, Tha na daoine so a chù an saoghal bun os cionn, air teachd an so mar an ceudna;

7 D'an d'thug Iason aoidheachd: agus a ta iad so uile a' cur an aghaidh orduigh Cheasair, ag ràdh, Gu bheil righ eile ann, *eadhon* Iosa.

8 Agus chuir iad buaireas<sup>e</sup> fo'n t-sluaigh, agus fo uachdaran a' bhaile, 'nuair a chual iad na nithe so.

9 Agus air gabhail urrais<sup>f</sup> dhoibh o Iason, agus o chàch, leig iad uatha iad.

10 Agus air ball chuir na bràithre Pòl agus Silas san oidhche gu Berea: agus air teachd dhoibhsan an sin, chaidh iad a steach do shionagog nan Iudhach.

11 Bha iad sin ni b'uaisle na muinntir Thesalonica, oir ghabh iad am focal d'an ionnsuidh leis an uile thogradh, a' rannsachadh nan scriobtuir gach aon là, a dh'fheuchainn an robh-na nithe sin mar so.

12 Uime sin chreid mòran diubh: agus mar an ceudna do mhnàibh uaisle do na Greugaich, agus do fhearailh àireamh nach bu bheag.

13 Ach an uair a thuig na Iudhaich o Thesalonica gu'n do shearmonaicheadh focal Dé le Pòl am Berea, thainig iad an sin mar an ceudna, a' brosnachadh an t-sluaigh.

14 An sin air ball chuir na bràithrean uatha Pòl, chum gu'n rachadh e mar gu b'ann chum na mara: ach dh'fhan Silas agus Timoteus an sin fathast.

15 Agus thredraich luchd-coimheadachd Phòil e gu baile na

h-Aithne<sup>g</sup>; agus air faghail àithne dhoibh gu Silas agus Timoteus, iad a theachd d'a ionnsuidhsan mar bu luaithe, dh'imich iad rompa.

16 A nis am feadh a bha Pòl a' feitheamh riu san Aithne, bha a spiorad air a bhrosnachadh<sup>h</sup> ann, do bhrìgh gu'm fac e am baile làn ìodhol-aoraidh.

17 Air an aobhar sin rinn e deas-boireachd ris na h-Iudhachaibh, agus ris na daoineibh cràbhach anns an t-sionagog, agus air a' mhargadh gach là riu-san a thachair air.

18 An sin thug feallsanaich<sup>i</sup> àraidh do na h-Epicuraich, agus do na Stoicich, aghaidh air; agus thubhairt cuid, Ciod a b'àill leis an fhear bhith-bhriathrach so a ràdh? thubhairt cuid eile, Is cosmhuil gu bheil e a' searmonachadh dhée coimheach; do bhrìgh gu'n do shearmonaich e dhoibh Iosa, agus an aiseirigh.

19 Agus rug iad air, agus thug iad leo e gu Areopagus, ag ràdh, Am feud sinn fios fhaotainn ciod e an teagasg nuadh<sup>l</sup> so, a labhrar leat?

20 Oir a ta thu toirt nithe àraidh neo-ghnàthach chum ar cluas: b'àill leinn uime sin fios fhaotainn ciod is ciall doibh sin.

21 (Oir chà do chaith muinntir na h-Aithne uile agus a' choigrich a bha air chuairt 'nam measg, an ùine ri ni air bith eile, ach ri innseadh, no ri cluinntinn noimheachd éigin.)

22 An sin air seasamh do Phòl am meadhon Areopagus, thubhairt e, A mhuinntir na h-Aithne, tha mi faicinn gu bheil sibh anns na h-uile nithibh cràbhach thar tomhas:

23 Oir air dhomh bhi dol seachad, agus ag amharc air bhur nithibh naomha, fhuair mi altair air an robh an scriobhadh so, **DO'N DIA NEO-AITHNICHTE**. Uime sin esan d'am bheil sibh a' deanamh aoraidh gun eòlas agaibh air, is e a ta mise a' searmonachadh dhuibh.

24 An Dia a rinn an saoghal, agus na h-uile nithe a ta ann, do bhrìgh gur e féin Tighearna nèimhe agus na

<sup>c</sup> farmad, eud. <sup>d</sup> do'n ghràisg. <sup>e</sup> tuairgne, gluasachd. <sup>f</sup> daingneachaidh. <sup>g</sup> Athens. <sup>h</sup> Sasg. <sup>i</sup> bhuaireadh. <sup>j</sup> daoine fòghlumta, eagnuidhean. <sup>l</sup> nomha.

talmhainn, cha 'n'eil e gabhail còmh-nuidh ann an teampluibh làmh-dheanta :

25 Ni mò a bheirear aoradh dha le làmhhaibh dhaoine, mar gu'm biodh uireasbhuidh ni sam bith air; oir is e féin a ta tabhairt do na h-uile beatha, agus anail, agus nan uile nithe :

26 Agus rinn e dh'aon fhuil uile chinnich dhaoine, chum iad a ghabhail còmhnuidh air aghaidh na talmhainn uile, agus shonraich<sup>m</sup> e na h-amanna roimh-orduichte, agus crìochanna an àite-còmhnuidh;

27 Chum gu'n iarraidh iad an Tighearn, dh'fheuchainn an tarladh dhoibh, le min-rannsachadh, gu'm faigheadh iad e, ge nach 'eil e fada o gach aon againn :

28 Oir annsan tha sinn beo, agus a' gluasad, agus tha ar bith againn; mar a thubhairt mar an ceudna dream àraidh d'ar bàrdaibh féin, Oir is sinne fòs a ghinealsan.

29 Uime sin do bhrìgh gur sinn gineal Dé, cha chòir dhuinn a shaoil-sinn gu bheil an Diadhachd cosmhuil ri h-òr, no ri h-airgiod, no ri cloich, nithè a ghearradh<sup>n</sup> le h-ealadhain agus innleachd dhaoine.

30 A nis air do Dhia amharc thairis air aimsiribh an aineolais so, tha e nis ag àithneadh do na h-uile anns gach àit aithreachas a dheanamh :

31 Do bhrìgh gu'n do shuidhich e là anns an toir e breth air an t-saoghal am fireantachd, tre'n duine sin a dh'orduich e; agus air so thug e dearbhadh do na h-uile dhaoineibh, le esan a thogail suas o na marbhaibh.

32 Agus an uair a chual iad mu aiseirigh nam marbh, rinn cuid diubh fanoid: ach thubhairt cuid eile, Eisdidh sinn riut a ris mu'n ni so.

33 Agus mar sin chaidh Pòl a mach as am meadhon.

34 Gidheadh, lean cuid do dhaoineibh ris, agus chreid iad, 'Nam measg so bha Dionisius an t-Areopagach, agus bean d'am b'ainm Damaris, agus dream eile maille riu.

## C A I B. XVIII.

1 Tha Pòl ri obair le a làmhhaibh féin, agus a' searmonachadh do na Cinneachaibh ann an Corintus: 9 Tha'n Tighearn a' toirt misnich dha ann an taisbean: 12 tha e air a chasaid an làthair an uachdaran Ghallio, ach air a leig'as: 18 'na dhéigh sin, a' dol o bhaile gu baile, tha e a' neartachadh nam deiseiobul, &c.

**A**N déigh nan nithe so, dh'fhàg Pòl baile na h-Aithne, agus thainig e gu Corintus;

2 Agus fhuair e Iudhach àraidh d'am b'ainm Acuala, a rugadh am Pontus, air ùr-theachd as an Eadailt, maille r'a mhnaoi Priscilla, (a chionn gu'n d'orduich Claudius do na h-Iudhachaibh uile an Ròimh fhàgail) agus thainig e d'an ionnsuidh.

3 Agus a chionn gu'n robh e a dh'aon cheird riu, dh'fhan e maille riu, agus bha e ag obair (oir bu cheird doibh bhi deanamh phàilliuana.)

4 Agus thagair<sup>o</sup> e anns an t-sionagag gach aon là sàbaid, agus chuir e impidh air Iudhaich agus Greug-aich.

5 Agus an uair a thainig Silas agus Timoteus o Mhacedonia, bha Pòl air a theannadh 'na spiorad, agus rinn e fianuis do na h-Iudhaich, gu'm b'e Iosa an Crìosd.

6 Agus an uair a chuir iad 'na aghaidh, agus a labhair iad toibheurn, chrath e eudach, agus thubhairt e riu, Biodh bhuir fuil air bhuir ceann féin; tha mise glan: a so suas théid mi chum nan Cinneach.

7 Agus chaidh e as sin, agus thainig e gu tigh duine àraidh, d'am b'ainm Iustus, a bha deanamh aoraidh do Dhia, agus aig an robh a thigh làimh ris an t-sionagag.

8 Agus chreid Crispus, prìomh<sup>p</sup> uachdaran na sionagoige anns an Tighearna, maille r'a theaghlach uile: agus chreid mòran do na Corintian-aich, air dhoibh éisdeachd ris, agus bhaisteadh iad.

9 An sin thubhairt an Tighearn ri Pòl ann an sealladh<sup>r</sup> san oidhche, Na

<sup>m</sup> shuidhich. <sup>n</sup> a dhualadh, a ghràbhadh. <sup>o</sup> reusonaich. <sup>p</sup> àrd.  
<sup>r</sup> taisbean.



biodh eagal ort, ach labhair, agus na bi d' thosd :

10 Oir a ta mise maille riut, agus cha toir duine sam bith ionnsuidh ort, chum do chron a dheanamh : oir a ta mòr shluagh agamsa anns a' bhaile so.

11 Agus dh'fhan e bliadhna agus sea mìosan, a' teagasg focail Dé 'nam measg,

12 Agus an uair a bha Gallio 'na uachdaran air Achaia, dh'éirich na h-Iudhaich a dh'aon inntinn an aghaidh Phòil, agus thug iad e gu caithir a' bhreitheanais,

13 Ag ràdh, Tha'n duine so a' combhairleachadh dhaoine aoradh a dheanamh do Dhià an aghaidh an lagha.

14 Agus an uair a bha Pòl dol a dh'fhosgladh a bhéil, thubhairt Gallio ris na h-Iudhaich, Nam b'eucoir no droch ghnìomh a bhiodh ann, O Iudhacha, bu reusonta gu'n giùlain-inn leibh :

15 Ach ma's ceisd a ta ann timchoill fhocla agus ainmeanna, agus bhuir lagha féin, amhaircibh féin air sin; oir cha'n àill leamsa bhi m' bhreitheamh air an leithidibh sin do nìtluibh.

16 Agus dh'fhuadaich e iad o chaithir a' bhreitheanais.

17 An sin rug na Greugaich uile air Sostenes, uachdaran na sionagoige, agus ghabh iad air an làthair caithir a' bhreitheanais : agus cha do ghabh Gallio suim do nì sam bith dhiubh sin.

18 Agus dh'fhan Pòl fathast ùine mhaith sa' bhaile sin, agus an sin an déigh a chead a ghabhail do na bràithribh, chaidh e air luing o sin gu Siria, agus maille ris-san Priscilla agus Acuala; an déigh a cheann a bhearradh<sup>s</sup> ann an Cenchrea : oir bha mòid air.

19 Agus thainig e gu h-Ephesus, agus dh'fhàg é iadsan an sin : ach chaidh e féin a steach do'n t-sionagog, agus reusonaich e ris na h-Iudhaibh.

20 Agus an uair a dh'iarr iad air

fuireach maille riu ni b'fhaide, cha d'aontaich e.

21 Ach ghabh e a chead diubh, ag ràdh, Is éigin domh air gach aon ehor an fhéisd<sup>t</sup> so a ta teachd a choimhead ann an Ierusalem : ach pillidh mi a ris d'ar ionnsuidhse, ma's toil le Dia. Agus sheòl e o Ephesus.

22 Agus thainig e tìr aig Cesairea, agus air dha dol suas agus fàilt a chur air an eaglais, chaidh e sìos gu h-Antioch.

23 Agus an uair a dh'fhan e rè tamuill an sin, dh'imich e, agus chaidh e an ordugh<sup>u</sup> tre thìr Ghalatia uile agus Phrìgia, a' neartachadh nan deisciobul uile.

24 Agus thainig gu h-Ephesus Iudhach àraidh d'am b'ainm Apollos, a rugadh an Alecsandria, duine deas-bhriathrach, agus cumhachdach anns na scriobtuiribh.

25 Bha'n duine so air a theagasg ann an slighe an Tighearna; agus air dha bhi dian<sup>a</sup> 'na spiorad, labhair agus theagaisg e gu dìchiollach na nìthe a bhuineadh do'n Tighearn, agus gun còlas aige ach air baisteadh Eoin.

26 Agus thòisich e air labhairt gu dàna san t-sionagog. Agus air do Acuala agus do Phriscilla a chluinntinn, ghabh iad d'an ionnsuidh e, agus mhìnich iad dha slighe Dhé nì bu choimhlionta.

27 Agus an uair bu mhiann leis dol gu Achaia, an déigh a chomhairleachadh, scriobh na bràithre chum nan deisciobul iad a ghabhail ris : neach, air dha teachd, a rinn còmh-nadh<sup>b</sup> mòr riu-san a chreid tre ghràs.

28 Oir le mòr dhìchioll rinn e deasboireachd<sup>c</sup> ris na h-Iudhaich gu follaiseach, a' dearbhadh leis na scriobtuiribh, gur e Iosa an Crìosd.

## C A I B. XIX.

6 Tha an Spiorad naomh air a thabhairt le làmhaidh Phòil. 9 Tha na h-Iudhaich a' toirt toibheim d'a theagasg, a ta air a dhaingneach-

<sup>s</sup> a lomadh. <sup>t</sup> an fhéill. <sup>u</sup> an eagar. <sup>a</sup> teth. <sup>b</sup> còghnath, congnamh.

<sup>c</sup> le mòr sbairn thagair e.

*adh le mìorbhuilbh.* 15 *Tha na h-Iudhaich a bha cur spiorada fa gheasaibh air am bualadh leis an Diabhol.* 19 *Tha leabhraiche druidheachd air an losgadh, &c.*

**A** GUS tharladh, 'nuair a bha Apollos ann an Corintus, air do Phòl dol tre na crìochaibh uachdarach, gu'n d'thainig e gu Ephesus. Agus air faotainn dheisciobul àraidh,

2 Thubhairt e riu, An d'fhuair sibh an Spiorad naomh o chreid sibh? Agus thubhairt iadsan ris, Cha chual-a sinn uiread as am bheil Spiorad naomh ann.

3 Agus thubhairt e riu, Ciod ma seadh anns an do bhaisteadh sibh? Agus thubhairt iadsan, Am baisteadh Eoin.

4 An sin thubhairt Pòl, Bhaist Eoin gu deimhin le baisteadh an aithreachais, ag ràdh ris an t-slaugh, iadsan a chreidsinn anns an neach a bha gu teachd 'na dhéighsan, sin r'a ràdh, ann an Iosa Crìosd.

5 Agus an uair a chual iad so, bhaisteadh iad ann an ainm an Tighearna Iosa.

6 Agus air do Phòl a làmh an a chur orra, thainig an Spiorad naomh orra; agus labhair iad le teangaibh, agus rinn iad fàidheadaireachd.

7 Agus bha ann uile timchoill dà fhear dheug.

8 Agus chaidh esan a steach do'n t-sionagag, agus labhair e gu dàna rè thrì mìosa, a' deasboireachd agus a' comhairleachadh nan nithe a bhuineas do rioghachd Dhé.

9 Ach an uair a chruadhaicheadh cuid, agus nach do chreid iad, ach a labhair iad olc mu'n t-slighe sin an làthair an t-sluaigh, dh'fhàg e iad, agus sgar e na deisciobuil uatha, agus bha e gach là a' deasboireachd ann an scoil neach àraidh *d'am b'ainm Tirannus.*

10 Agus rinneadh so rè dhà bhliadhna; air chor as gu'n cuala luchd-àiteachaidh na h-Asia uile, eadar Iudhaich agus Ghreugaich, focal an Tighearna Iosa.

11 Agus rinn Dia mìorbhuilean nach bu bheag le làmhaidh Phòil:

12 Air chor as gu'n d'thugadh o chorpsan chum nan daoine tinne, neapaicinne no aprain, agus gu'n d'fhalbh an euslaintean uatha, agus gu deachaidh na droch spioraid a mach asda.

13 Agus ghabh dream àraidh do na h-Iudhaich, a bha 'g imeachd o àit gu h-àit, a' cur spiorada fa gheasaibh, os làmh ainm an Tighearna Iosa ainmeachadh os ceann na muinntir sin anns an robh droch spioraid, ag ràdh, Cuireamaid fa gheasaibh sibh tre Iosa a ta Pòl a' searmonachadh.

14 Agus bha aig Scebhla Iudhach àraidh, aon do na h-àrd shagartaibh, seachdnar mhac a bha deanamh so.

15 Agus fhreagair an droch spiorad, agus thubhairt e, Tha eòlas agam air Iosa, agus is aithne dhomh Pòl: ach cò sibhse?

16 Agus leum an duine anns an robh an droch spiorad orra, agus air dha làmh an uachdar fhaotainn orra, thug e buaidh orra, air chor as gu'n do theich iad a mach as an tigh sin lomnochd agus reubta.

17 Agus fhuair na h-Iudhaich uile agus mar an ceudna na Greugaich a bha thàmh ann an Ephesus fios air so; agus thuit eagal orra uile, agus bha ainm an Tighearna Iosa air àrdachadh.

18 Agus thainig mòran diubhsan a chreid, ag aideachadh, agus ag innseadh an gnìomhara.

19 Agus thug mòran diubhsan a bha gnàthachadh dhroch innleachda, an leabhraiche leo, agus loisg siad iad an fianais nan uile: agus dh'àireamh iad an luach, agus fhuair iad e 'na leth-cheud mìle *bonn* airgid.

20 Mar sin le cumhachd dh'fhàs agus bhuadhaich focal an Tighearna.

21 Agus an uair a choimhlionadh na nithe so, chuir Pòl roimhe 'na spiorad, an déigh dha imeachd tre Mhacedonia, agus Achaia, dol gu Hierusalem, ag ràdh, An déigh dhomh bhi an sin, is éigin domh an Ròimh fhaicinn mar an ceudna.

22 Agus air dha dithis dhiubhsan a bha frithealadh dha, Timoteus, agus

*a' cur spiorada fo mhionnaibh, a' tilgeadh a mach spiorada.*



Erastus, a chur do Mhacedonia, dh'fhan e féin rè tamuill san Asia.

23 Agus dh'éirich mu'n àm sin iomairt<sup>e</sup> nach bu bheag mu thimchioll na slighe sin.

24 Oir bha ceard-airgid àraidh d'am b'ainm Demetrius ann, a bha deanamh theampull airgid<sup>f</sup> do Dhi-ana, agus a thug buannachd nach bu bheag do'n luchd-ceirde.

25 Agus air dha iadsan a chruinn-eachadh an ceann a chéile, agus a' mhuinntir eile a bha dh'aon cheird ri, thubhairt e, Fheara, tha fhios agaibh gur ann o'n cheird so a ta ar beartas<sup>g</sup> againne:

26 Os barr, tha sibh a' faicinn agus a' cluinntinn gu bheil am Pòl so le chomhairle air tionndadh air falbh sluaigh mhòir, cha'n e mhàin ann an Ephesus, ach cha mhòr<sup>h</sup> san Asia uile, ag ràdh, Nach dée iad a nithear le làmhaibh:

27 Air chor as nach e mhàin gu bheil e'n cunnart gu'n deanar tàir air ar ceird; ach mar an ceudna gu cuir-ear teampull na bain-dé mòire Di-ana an neo-pris, agus gu claoidhear a mòrachdsa, d'am bheil an Asia uile, agus an domhan a' deanamh aoraidh.

28 Agus an uair a chual iadsan so, lìonadh le feirg iad agus ghlaodh iad, ag ràdh, Is mòr Diana nan Ephesianach.

29 Agus bha am baile uile air a lìonadh le mì-riaghailt: Agus ruith iad a dh'aon toil chum àite-cruinnich an t-sluaigh, a' tarraing leo Ghaiuis agus Aristarchuis Macedonaich, luchd comh-thuruis Phòil.

30 Agus an uair a b'àill le Pòl dol a steach chum an t-sluaigh, cha do leig na deisciobuill leis.

31 Agus mar an ceudna chuir cuid do uachdaranaibh na h-Asia a bha 'nan càirdibh dha, fios chuige, a' guidheadh air nach rachadh e gu àite-cruinnich an t-sluaigh.

32 Ghlaodh uime sin cuid diubh aon ni, agus cuid ni eile: oir bha an coimhthional tre a chéile, agus cha robh fios aig a' chuid bu mhò c'ar son a thainig iad cuideachd.

33 Agus tharruing iad a mach

Alecsander as an t-sluaigh, air bhi do na h-Iudhachaibh 'ga iomain rompa. Agus smèid Alecsander le làimh, agus b'àill leis a leithsgeul a ghabhail ris an t-sluaigh.

34 Ach an uair a thuig iad, gu'm b'Iudhach e, rinneadh àrd iolach leo uile mu thimchioll ùine dhà uair, a' glaothaich, Is mòr Dianan an Ephesianach.

35 Agus an uair a chiùnaich an cléireach<sup>i</sup> an sluagh, thubhairt e, Fheara Ephesus, cò an duine aig nach 'eil fios gu bheil cathair<sup>l</sup> nan Ephesianach a' deanamh aoraidh do'n bhain-dia mhòir Diana, agus do'n dealbh a thuit a nuas o Iupiter?

36 Air an aobhar sin do bhrìgh nach fheudar cur an aghaidh nan nithe so, is còir dhuibhse bhi ciùin, agus gun ni sam bith a dheanamh gu h-obann.

37 Oir thug sibh an so na daoine so, ge nach 'eil iad a' creachadh theampull, no a' toirt toibheim d'ar bain-dia.

38 Uime sin ma ta aig Demetrius agus aig an luchd-ceird a ta maille ris, cùis an aghaidh neach air bith, tha'n lagh réidh dhoibh, agus tha uachdarain ann; agradh iad a chéile.

39 Ach ma ta ceisd sam bith agaibh mu nithibh eile, réitichear sin ann an coimhthional dlìgheach.

40 Oir tha sinn an cunnart bhi air ar n-agairt air son ceannairc air an là'n diugh, do bhrìgh nach 'eil cùis sam bith againn a dh'fheudas sinn a thoirt seachad mar aobhar a' chruinneachaidh so.

41 Agus air dha so a ràdh, sgaoil e an coimhthional.

### C A I B. XX.

1 Tha Pòl a' dol do Mhacedonia:  
7 Tha e frithealadh suipeir an Tighearna, agus a' searmonachadh:  
9 air do Eutichus tuiteam sìos an cruth mairbh, thogadh suas beo e.  
17 Tha Pòl aig Miletus a' gairm seanairean na h-eaglais an ceann a chéile, ag innseadh dhoibh cìod a bha gu tachairt dha féin, &c.

A GUS an déigh do'n chomh-ghàir<sup>m</sup> sgar, ghairn Pòl ri:

<sup>e</sup> buaireas. <sup>f</sup> dealbh-theampull.  
<sup>i</sup> Cléireach-scriobhaidh a' bhaile.

<sup>g</sup> saibhreas. <sup>h</sup> air bheag nithe.  
<sup>l</sup> baile. <sup>m</sup> bhuaireas.

deisciobuil d'a ionnsuidh, agus air dha a chead a ghabhail diubh<sup>m</sup>, thriall e gu dol do Mhacedonia.

2 Agus air dha dol tre na crìoch-aibh sin, agus mòr earail a dheanamh orra, thainig e do'n Ghréig.

5 Agus dh'fhan e an sin trì mìosan: agus an uair a bha na h-Iudhaich ri feall-fholach<sup>n</sup> air a shon, agus e air tì<sup>o</sup> dol air luing do Shiria, chuir e roimhe pilltinn tre Mhacedonia.

4 Agus chaidh 'na chuideachd gu h-Asia, Sopater o Bherea; agus do mhuinntir Thesalonica, Aristarchus agus Secundus; agus Gaius o Dherbe, agus Timoteus; agus do mhuinntir na h-Asia, Tichicus agus Trophimus.

5 Air dhoibh so imeachd romhainne, dh'fheith iad ruinn ann an Troas.

6 Agus sheòl sinn o Philipi, an déigh làithean an arain neo-ghoirichte, agus thainig sinn d'an ionnsuidhsan gu Troas ann an cùig làithibh, far an d'fhan sinn seachduin.

7 Agus an ceud là do'n t-seachduin, air do na deisciobluibh cruinneachadh an ceann a chéile a bhriseadh arain, shearmonaich Pòl doibh, air bhi fuidhe<sup>p</sup> imeachd uatha air an là màireach, agus lean e air labhairt gu meadhon-oidhche.

8 Agus bha mòran lòchran anns an t-seomar uachdarach, far an robh iad cruinn.

9 Agus bha òganach àraidh d'am b'ainm Eutichus 'na shuidhe ann an uinneig, air tuiteam gu trom 'na chodal: agus air do Phòl bhi rè fad a' searmonachadh, shàruicheadh leis a' chodal e, agus thuit e sìos o'n treas lobhta, agus thogadh marbh e.

10 Agus chaidh Pòl sìos, agus thuit e air, agus air dha a glacadh 'na uchd, thubhairt e, Na biodh trioblaid<sup>u</sup> oirbh; oir a ta anam ann.

11 Agus air dol suas da a rìs, bhris e aran agus dh'ith e, agus labhair e riu rè ùine fhada, eadhon gu teachd na maidne, agus mar sin dh'fhalbh e.

12 Agus thug iad leo an t-òganach

agus e beo, agus rinn iad gairdeachas nach bu bheag.

15 Agus air dhuinne imeachd air thoiseach chum na luinge, sheòl sinn gu Asos, fa rùn Pòl a ghabhail a steach an sin: oir is ann mar sin a dh'orduich e, a' cur roimhe gu'n imicheadh e féin d'a chois.

14 Agus an uair a choinnich e sinn aig Asos, ghabh sinn a steach e, agus thainig sinn gu Mitilene.

15 Agus air seòladh dhuinn as sin, thainig sinn air an là màireach fa chomhair Chiois; agus air an latha 'na dhéigh sin thainig sinn gu Samos, agus dh'fhan sinn aig Trogillum; agus air an latha b'fhaisge thainig sinn gu Miletus.

16 Oir chuir Pòl roimhe seòladh seach Ephesus, chum nach tarladh dha moille a dheanamh anns an Asia: oir bha deifir air<sup>s</sup>, chum nam feudadh e, bhi ann an Ierusalem air latha na Cuingeis.

17 Agus air cur fios o Mhiletus gu h-Ephesus, ghairm e d'a ionnsuidh seanairean na h-eaglais.

18 Agus an uair a thainig iad d'a ionnsuidh, thubhairt e riu Tha fhios agaibh, cionnus a bha mi 'nar measg anns an uile aimsir, o'n cheud là a thainig mi do'n Asia,

19 A' deanamh seirbhìs do'n Tigh-earn leis gach uile irioslachd inntinn, agus maille ri mòran dheur, agus dheuchainnean, a thachair dhomh le ceilg nan Iudhach:

20 Agus cionnus nach do gheidh mi ni sam bith am folach a bha feumail dhuibhse, gun a nochdadh dhuibh, agus gun sibhse a theagag am follas, agus o thigh gu tigh,

21 A' deanamh fianuis araon do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich, mu aithreachas a thaobh Dhé, agus mu chreidimh a thaobh ar Tighearna Iosa Crìosd.

22 Agus a nis feuch, a ta mi dol gu Hierusalem ceangailte san Spiorad, gun fhios agam ciod iad na nithe a tharlas dhomh an sin:

23 Ach a mhàin gu bheil an Spiorad naomh a' deanamh fianuis

<sup>m</sup> an glacadh 'na uchd. <sup>n</sup> a' luidhe am folach, am plaid. <sup>o</sup> a rùn air.

<sup>p</sup> agus a rùn air. <sup>r</sup> buaireas. <sup>s</sup> rinn e cabhag.



anns gach baile, ag ràdh, Gu bheil geumblichean agus trioblaidean<sup>t</sup> a' feitheamh orm.

24 Ach cha 'n'eil suim agam do ni air bith, ni mò mheasam m'anam féin luachmhor dhomh, chum gu crìochnaich mi mo thuras<sup>u</sup> le h-aobhneas, agus gu coimhion mi a' mhinistreibh eachd a fhuair mi o'n Tighearn Iosa, a dheanamh fianuis do shoisgeul gràis Dhé.

25 Agus a nis feuch, a ta fhios agam nach faic sibhse uile, measg an d'imeich mise a' searmonachadh rioghachd Dhe, mo ghnùis ni's mò.

26 Uime sin a ta mi a' deanamh fianuis duibh<sup>a</sup> air an là'n diugh, gu bheil mise glan o fhuil nan uile.

27 Oir cha do sheachainn mi uile chomhairle Dhé fhoillseachadh dhuibh.

28 Air an aobhar sin thugaibh aire dhuibh féin, agus do'n treud uile, air an d'rinn an Spiorad naomh luchd-coimheadb dhibh, a bheathachadh eaglais Dhé<sup>c</sup>, a cheannaich e le fhuil féin.

29 Oir a ta fhios agamsa air so, an déigh m' imeachdsa gu'n d'thig madruidh-allaidh gharga 'nar measg, nach caomhain an treud.

30 Agus éiridh daoine dhibh féin, a labhras nithe fiara, chum deisciobuil a tharruing 'nan déigh féin.

31 Uime sin deanaibh faire, a' cuimhneachadh nach do sguir mise rē thri bliadhna, a chomhairleachadh gach aon agaibh a là agus a dh'oidhche le deuraibh.

32 Agus a nis, a bhràithre, earbam sibh ri Dia, agus ri focal a ghràis, a ta comasach air bhur togail suas, agus oighreachd a thoirt duibh am measg na muinntir sin uile a ta air an naomhachadh.

33 Cha do shanntaich mi airgid, no òr, no eudach duine sam bith.

34 Seadh, is aithne dhuibh féin, gu'n do fhrithail na làmhnan so do m'uireasbhuidh féin, agus do'n mhuinntir sin a bha maille rium.

35 Nochd mi na h-uile nithe dhuibh, gur ann le saothrachadh mar so is còir dhuibh còmhnaidh a dhean-

amh riu-san a ta annhunn<sup>c</sup>; agus focail an Tighearna Iosa a chuimhneachadh, mar a thubhairt e, Tha e ni's beannuichte ni a thabhairt na ghabhail.

36 Agus air dha na briathra so a ràdh, leig se e féin air a ghluinibh, agus rinn e ùrnuigh maille riu uile.

37 Agus ghul iad uile gu goirt, agus thuit iad air muineal Phòil, agus phòg iad e,

38 Air dhoibh bhi gu h-àraidh brònach air son nam briathar so a thubhairt e, Nach faiceadh iad a ghnùis-san ni's mò. Agus thug iad coimheadachd dha chum na luinge.

### C A I B. XXI.

1 Cha ghabh Pòl comhairleachadh o dhol gu Hierusalem. 3 Mu Philip an soisgeulaichte, agus a' cheathrar nighean a bha 'nam ban-fhàidh. 17 Tha Pòl a' teachd gu Hierusalem, 27 far am bheil e air a ghlacadh agus an cunnart mòr; &c.

**A** GUS air dhuinn dealachadh riu-san, sheòl sinn romhainn, agus thainig sinn gu dìreach gu Coos, agus air an là maireach gu Rhodos, agus as sin gu Patara.

2 Agus air dhuinn long fhaotainn a bha a' gabhail thairis gu Phenicia, chaidh sinn air bord, agus sheòl sinn romhainn.

3 Agus air dhuinn teachd an sealladh Chipruis, agus fhàgail air an làimh chli, sheòl sinn gu Siria, agus thainig sinn tìr aig Tirus: oir is ann an sin a bha an long gus a luchd a chur a mach.

4 Agus air dhuinn deisciobuil fhaotainn, dh'fhan sinn an sin seachd làithean: muinntir a thubhairt ri Pòl tre'n Spiorad, gun e dhol suas gu Hierusalem.

5 Agus an uair a chrìochnaich-eadh na làithean sin, chaidh sinn a mach, agus thriall sinn romhainn, agus thainig iadsan uile maille ri mnaibh agus ri cloinn 'nar cuideachd, a mach as a' bhaile: agus leig sinn air ar ghluinibh sinn air an tràigh, agus rinn sinn ùrnuigh.

<sup>t</sup> àmhghair. <sup>u</sup> thriall, chùrsa. <sup>a</sup> gabham sibhse mar fhianuisibh.  
<sup>b</sup> easbuigean. <sup>c</sup> eaglais an Tighearna. <sup>e</sup> lag

6 Agus an déigh dhuinn ar cead a ghabhail d'a chéile, chaidh sinn do'n luing; agus phill iadsan d'an tighibh féin.

7 Agus an uair a chrìochnuich sinn ar turus<sup>f</sup> o Thirus, thainig sinn gu Ptolemais, agus chuir sinn fàilte air na bràithribh, agus dh'fhan sinn aon latha maille riu.

8 Agus air 'an là màireach, air dhuinne, a bha do chuideachd Phòil, imeachd, thainig sinn gu Cesarea; agus chaidh sinn a steach do thigh Philip an t-soisgeulaiche, (a bha do'n t-seachdnar) agus dh'fhan sinn aige.

9 Agus bha ceathrar nighean aigesan, òighean, a bha ri fàidhead-aireachd.

10 Agus ag fantuinn duinn mòran do làithibh *an sin*, thainig a nuas o Iudea fàidh àraidh, d'am b'ainm Agabus.

11 Agus air teachd dha d'ar ionnsuidhne, ghabh e crios Phòil, agus cheangail e a làmhan agus a chosan féin, agus thubhairt e, Mar so a deir an Spiorad naomh, Is ann mar so a cheanglas na h-Iudhaich ann an Ierusalem an duine d'am buin an crios so, agus bheir iad thairis e do làmh-aibh nan Cinneach.

12 Agus an uair a chuala sinne na nithe so, ghuidh sinn féin agus muinntir an àite air, gun e dhòl suas gu Hierusalem.

13 An sin fhreagair Pòl, Ciod is ciall duibh a' gul, agus a' briseadh mo chridhe? oir a ta mise ullamh cha'n e mhàin gu bhi air mo cheangal, ach eadhon. gu bàsachadh ann an Ierusalem air son ainme an Tighearna Iosa.

14 Agus an uair nach gabhadh e comhairle, sguir sinne, ag ràdh, Deanar toil an Tighearna.

15 Agus an déigh nan làithean so air dhuinn bhi ullamh<sup>g</sup>, chaidh sinn suas gu Hierusalem.

16 Agus chaidh mar an ceudna maille ruinn cuid do na deisciobluibh o Chesarea, a' toirt leo Mhnasoin o Chiprus, seann deisciobul àraidh, aig an robh sinn gu bhi air aoidheachd.

17 Agus an uair a thainig sinn gu Hierusalem, ghabh na bràithre ruinn gu subhach.

18 Agus air an ath là, chaidh Pòl maille ruinne dh'ionnsuidh Sheumais; agus bha na seanairean uile a làth-air.

19 Agus air dhasan fàilte chur orra, chuir e'n céill doibh fa leth na nithe a rinn Dia le mhinistreibheachd-san am measg nan Cinneach.

20 Agus an uair a chual iadsan so, thug iad glòir do'n Tighearn<sup>h</sup>, agus thubhairt iad ris-san, Tha thu faicinn, a bhràthair, cia lìon mìle do na h-Iudhachaibh a ta creidsinn, agus tha iad uile ro'eudmhor mu'n lagh.

21 Agus chual iad umadsa, gu bheil thu teagasg do na h-Iudhachaibh uile a ta measg nan Cinneach, Maois a thréigsinn, ag ràdh *riu*, Nach còir dhoibh *an* clann a thimchiollghearradh, no gluasad a réir nan gnàthi.

22 Ciod uime sin a *nithear*? Gun teagamh, 's éigin do'n t-sluagh cruinneachadh: oir cluinnidh iad gu'n d'thainig thu.

23 Uime sin dean so a deir sinne riut; Tha ceathrar fhear maille ruinne, air am bheil mòid;

24 Beir iadsan leat, agus bi air do ghlanadh maille riu, agus dean costus<sup>l</sup> leo, chum gu bearr<sup>m</sup> iad *an* cinn: agus gu'm bi fhios aig na h-uile nach 'eil ach neo-ni anns na chual iad mu d' thimchiollsa, ach gu bheil thu féin mar an ceudna ag imeachd gu riaghailteach, agus a coimhead an lagha.

25 Ach mu thimchioll nan Cinneach a chreid, scriobh sinne agus b'i ar breth, gun iad a ghleidheadh a h-aon do na nithibh sin, ach a mhàin iad féin a choimhead o nithibh a chaidh ìobradh do ìodholaibh, agus o fhuil, agus o ni tachdta, agus o strìopachas.

26 An sin ghabh Pòl na daoine; agus air an là màireach air dha bhi air a ghlanadh maille riu, chaidh e steach do'n teampull, a' foillseachadh coimhlionaidh làithean a ghlanaidh,

<sup>f</sup> triall, taisdeal, cùrsa. <sup>g</sup> thog sinn ar n-airneis, agus &c. <sup>h</sup> do Dhia.  
<sup>i</sup> a réir gnàthanna [an lagha.] <sup>l</sup> caitheamh, cosgus. <sup>m</sup> lom.



gus an d' thugadh tabhartas air son gach aon aca.

27 Agus an uair a bha na seachd làithean air bheag nith'<sup>n</sup> air an coimhlionadh, air do na h-Iudhach-aibh o'n Asia esan fhaicinn san team-pull, bhrosnaich iad am pobull uile, agus chuir iad làmh ann,

28 Ag éigheach, Fheara Israeil, cuidichibh: is e so an duine a ta teagasg nan uile dhaoine anns gach àit an aghaidh a' phobuill, agus an lagha, agus an àite so: agus os barr, thug e steach Greugaich do'n team-pull, agus shalaich e'n t-ionad naomha so.

29 (Oir chunnaic iad Trophimus an t-Ephesianach roimhe sin anns a' bhaile maille ris, agus shaoil iad gu'n d'thug Pòl a steach do'n teampull e.)

30 Agus ghluaiseadh am baile gu h-ìomlan, agus ruith an sluagh cuid-eachd: agus air dhoibh breith air Pòl, tharraing iad a mach as an team-pull e: agus air ball dhùineadh 'na dorsa.

31 Agus an uair a b'àill leo a mharbhadh, chaidh sgeula dh'ionnsuidh àrd cheannaird na cuideachd, gu'n robh Ierusalem uile thar a chéile<sup>o</sup>.

32 Neach air ball a thug leis saighdearan, agus ceannardan-cheud, agus a ruith sìos d'an ionnsuidh: Agus an uair a chunnaic iadsan an t-àrd cheannard agus na saighdearan, sguir iad do bhualadh Phòil.

33 An sin thainig an t-àrd cheannard am fagus agus rug e air, agus dh'àithn e a cheangal le dà shlabhraidh; agus dh'fhiosraich e, Cò e, agus ciod a rinn e.

34 Agus ghlaodh aon chuid am measg an t-sluaigh aon ni, agus cuid eile ni éile: agus an uair nach robh e an comas da cinnteachd na cùise a thuigsinn air son na h-àrd bhruidhne, dh'orduich e esan a thoirt do'n chaisteal.

35 Agus an uair a thainig e chum na staidhreath, tharladh gu'n do ghiùlaineadh e leis na saighdearaibh, air son foireigin an t-sluaigh.

36 Oir lean am mòr shluagh e, a' glaochaich, Beir uainn e.

37 Agus an uair a bha Pòl gu bhì air a thoirt a steach do'n chaisteal, thubhairt e ris an àrd cheannard, An cead domhsa ni a labhairt riut? agus thubhairt esan, An labhair thu Gréigis?

38 Nach tusa an t-Eiphiteach sin a thog ceannairc roimh na làithibh so, agus a thug leat do'n fhàsach ceithir mìle fear a bha 'nan luchd-mortaidh?

39 Ach thubhairt Pòl, Is duine mise a tha m' Iudhach gun amharus o Tharsus, saor dhuine do bhaile ro innbeach ann an Cilicia: agus guidheam ort, thoir cead domh labhairt ris an t-sluagh.

40 Agus an uair a thug e cead da, Air do Phòl seasamh air an staidhir, smèid e le làmh air an t-sluagh, ag iarraidh éisdeachd: agus air fantuinn ro thosdach dhoibhsan, labhair e riu sa' chànain Eabhruidhich, ag ràdh.

### C A I B. XXII.

1 Tha Pòl gu pàill a' cur an cèill cionnus a dh'iompoicheadh chum a' chreidimh e, 17 agus a ghairmeadh e chum na h-abstolachd. 22 Ag dhasan na Cinnich ainmeachadh, thog am pobull aon ghàir ris: 24 Bha e gu bhì air a sgiùrsadh; 25 ach air dha a chòir-shaorsa mar Romhanach agairt, leigeadh as e.

**F**HEARA, a bhràithre, agus aithriche, éisdibhse ri m' dhionchainnt<sup>p</sup> ribh a nis:

2 (Agus an uair a chual iadsan gu'n do labhair e riu sa' chànain Eabhruidhich, bu mhòid a thosd iad: agus thubhairt esan,)

3 Is Iudhach mise do rìreadh, a rugadh ann an Tarsus na Cilicia, ach a dh'oileadh<sup>r</sup> sa' bhaile so, aig cosaibh Ghamaliel, agus a theagaisgeadh gu coimhlionta a réir gnàtha lagha nan aithriche, agus bha mi eudmhor a thaobh Dhé, mar a ta sibhse uile an diugh.

4 Agus rinn mi geur-leanmhuinn gu bàs air an t-slighe so, a' ceangal

<sup>n</sup> cha mhòr. <sup>o</sup> fa bhuaireas. <sup>p</sup> mo leithsgeul.  
<sup>r</sup> thogadh suas.

fhear agus bhan, agus 'gan tarruing gu prìosun :

5 Mar a ni an t-àrd shagart mar an ceudna fianuis domh, agus comhairle nan seanair uile ; o'n d'fhuair mise mar an ceudna litriche chum nam bràithre, agus chaidh mi gu Damascus, chum an dream a bha'n sin a thoirt ceangailte gu Hierusalem, chum gu deantadh peanas orra.

6 Agus tharladh, air dhomh bli 'g imeachd, agus a' druideadh ri Damascus mu mheadhon-là, gu'n do dhealraich gu h-obann o nèamh solus mòr mu'n cuairt orm.

7 Agus thuit mi air an talamh, agus chuala mi guth ag ràdh, A Shaul, a Shaul, c'ar son a ta thu 'gam gheur-leanmhuinnse?

8 Agus fhreagair mise, Cò thu, a Thighearn? Agus thubhairt e rium, is mise Iosa o Nasaret, air am bheil thus a' deanamh geur-leanmhuinn.

9 Agus chunnaic na daoine a bha maille rium an solus gu deimhin, agus ghabh iad eagal ; ach cha chual iad guth an ti a labhair riumsa.

10 Agus thubhairt mise, Ciod a ni mi, a Thighearn? Agus thubhairt an Tighearn rium, Eirich, agus imich gu Damascus, agus an sin labhrar riut mu thimchioll nan nithe sin uile a dh'orduicheadh dhuits' a' dheanamh.

11 Agus an uair nach bu léir dhomh tre ghloir an t-soluis sin, air dhomh bhi air mo thredrachadh air làimh leosan a bha maille rium, thainig mi gu Damascus.

12 Agus air do dhuine àraidh d'am b'ainm Ananias, a bha cràbhach a réir an lagha, agus air an robh deadh theisteach aig na h-Iudhaich bhi uile a bha chòmhnuidh an sin,

13 Teachd am' ionnsuidh, agus seasamh làimh rium, thubhairt e rium, A Shaul a bhràthair, gabh do radhar. Agus air an uair sin féin dh'amhairc mi suas air.

14 Agus thubhairt esan, Thagh Dia ar n-aithriche roimh-làimh thusa, chum gu'n gabhadh tu eòlas air a thoil, agus gu'm faicheadh tu an t-Aon

cothromach sin, agus gu'n cluinneadh tu guth as a bheul.

15 Oir bithidh tu a't'fhianuis aige chum nan uile dhaoine, air na nithibh a chunnaic agus a chuala tu.

16 Agus a nis c'ar son a ta thu a' deanamh moille? Eirich, agus bi air do bhaisteadh, agus ionnlaid uait do pheacanna, a' gairm air ainm an Tighearna.

17 Agus tharladh, 'nuair a phill mise gu Hierusalem, agus a bha mi a' deanamh ùrnuigh san teampull, gu'n deachaidh mi ann an neul,

18 Agus gu'm faca mi esan ag ràdh rium, Dean deifir, agus imich gu grad a Hierusalem ; oir cha ghabh iad ri d' theisteach mu m' thimchiollsa.

19 Agus thubhairt mise, A Thighearn, tha fhios aca gu robh mise a' tilgeadh am prìosun, agus a' sgiùrsadh anns gach sìonagog iadsan a chreid annadsa.

20 Agus an uair a dhòirteadh fuil do mhairtich<sup>s</sup> Stephain, bha mise mar an ceudna a'm' sheasamh a làthair, agus ag aontachadh leis a mharbhadh, agus a' coimhead eudaich na muinntir a mharbh e.

21 Agus thubhairt e rium, Imich : oir cuiridh mise thu am fad chum nan Cinncach.

22 Agus dh'éisd iad ris gu an fhocal so, agus thog iad an sin an guth gu h-àrd, ag ràdh, Beir o'n talamh a leithid so do dhuine ; oir cha chòir e bhi beo.

23 Agus an uair a bha iadsan ag éigheach, agus a' tilgeadh dhiubh an eudaich, agus a' tilgeadh luaithre san athar<sup>t</sup>,

24 Dh'àithn an t-àrd cheannard esan a thoirt do'n cliaisteach, ag ordughadh a cheasnachadh le a sgiùrsadh ; chum gu faigheadh e fios ciod i a' choire mu'n robh iad a' glaothaich mar sin 'na aghaidh.

25 Agus an uair a bha iad 'ga cheangal le iallaibh, thubhairt Pòl ris a' cheannard-ceud a sheas a làthair, Am bheil e ceaduichte dhuibhse duine a ta 'na Romhanach a sgiùrsadh, agus gun e air a dhiteadh?



25 Agus an uair a chual an ceannard-ceud sa, dh'imich e agus dh'innis e do'n àrd cheannard, ag ràdh, Thoir faineas ciod a ni thu; oir is Romhanach an duine so.

27 An sin air teachd do'n àrd cheannard d'a ionnsuidh, thubhairt e ris, Innis domhsa, an Romhanach thu? Agus thubhairt esan, Is mi.

28 Agus fhreagair an t-àrd cheannard, Is mòr an t-suim air an do cheannaich mise an t-saorsa so. Agus thubhairt Pòl, Ach rugadh mise saor.

29 An sin dh'imich iadsan uaith air ball a bha gus a cheasnachadh: agus ghabh an t-àrd cheannard mar an ceudna eagal 'nuair a thuig e gu'm bu Romhanach e, agus a chionn gu'n do cheangail se e.

30 Agus air an là màireach, air dha bhi togarrach air fios cinnteach fhaotainn ciod i a' choire a bha na h-Iudhaich a 'cur as a leth, dh'fhuasgail se e o a chuibhreachaibh, agus dh'èithn e do na h-àrd shagairtaibh agus d'an comhairle uile teachd a làthair, agus air dha Pòl a thoirt sìos, chuir e 'nam fianuis e.

### C A I B. XXIII.

1 Tha Pòl a' tagradh a chùis. 2 Tha Ananias ag orduchadh a bhualadh. 7 Connsachadh am measg u luchd-casaid, 11 Tha Dia a' toirt misnich dha. 14 Tha feall nan Iudhach an aghaidh Phòil air a nochdadh do'n àrd cheannard. 23 Tha e'ga chur gu Felics an t-uachdaran.

**A** GUS air dearcadh do Phòil air a' chomhairle, thubhairt e, Fheara agus a bhràithre, anns an uile dheadh choguis chaith mise mo bheatha a thaobh Dhé gus an là'n diugh.

2 Agus dh'èithn an t-àrd shagart Ananias dhoibhsan a bha 'nan seasamh làimh ris, a bhualadh air a bheul.

3 An sin thubhairt Pòl ris, Buailidh Dia thusa, a bhalla ghealaichte: oir am bheil thusa a'd' shuidhe a thoirt breth ormsa a réir an lagha,

agus an aghaidh an lagha ag orduchadh mo bhualadh?

4 Agus thubhairt iadsan a sheas làimh ris, Am bheil thusa a' toirt anacainnt<sup>a</sup> do àrd shagart Dhé?

5 An sin thubhairt Pòl, Cha robh fhios agam<sup>b</sup>, a bhràithre, gu'm b'e an t-àrd shagart e: oir a ta e scriobhta, Na labhair olc mu uachdaran do phobuill.

6 Ach an uair a thuig Pòl, gu robh cuid diubh 'nan Sadusaich, agus a' chuid eile 'nam Phairisich, ghlaodh e anns a' chomhairle. Fheara agus a bhràithre, is Phairiseach mise, mac Phairisich: is ann a leth dòchais agus aiseirigh nam marbh, a tha mi air mo thoirt am breitheanas.

7 Agus air dhasan so a labhairt, dh'èirich comhstrihb eadar na Phairisich agus na Sadusaich: agus roinneadh an coimhthional an aghaidh a chéile.

8 Oir a deir na Sadusaich nach 'eil aiseirigh, no aingeal, no spiorad ann; ach a ta na Phairisich ag aideachadh gach aon diubh<sup>c</sup>.

9 Agus dh'èirich gàird mhòr: agus air seasamh suas do na scriobhuichibh a bha air taobh nam Phairiseach, chathaich iad 'nan aghaidh, ag ràdh, Cha 'n'eil sinne faotainn<sup>c</sup> cròn air bith san duino so: ach ma labhair spiorad no aingeal ris, na cogamaid an aghaidh Dhé.

10 Agus an uair a dh'èirich connsachadh mor eatorra, air do'n àrd cheannard bhi fa eagal gu'n rachadh Pòl a' tharruing as a chéile leo, dh'èithn e do na saighdearaibh dol sìos, agus esan a thogail leis an làimh làidir as am meadhon, agus a thoirt do'n chaisteal.

11 Agus air an oidhche 'na dhéigh sin, sheas an Tighearn làimh ris, agus thubhairt e, Biodh misneach mhaith agad, a Phòil; oir mar a rinn thu fianuis a'm' thimchiollsa ann an Ierusalem, is amhuil sin is éigin duit fianuis dheanamh anns an Ròimh.

12 Agus air teachd do'n là, chruinnich dream àraidh do na h-Iudhachaibh an ceann a chéile<sup>f</sup>, agus chuir

<sup>a</sup> càineadh. <sup>b</sup> Cha d'thug mi faineas. <sup>c</sup> 'gan aideachadh le chéile.

<sup>d</sup> iolach. <sup>e</sup> faghail, faghainn. <sup>f</sup> rinn dream àraidh do na h-Iudhaich comh-bhann r'a chéile.

siad iad féin fa mhallachadh, ag ràdh, nach itheadh agus nach òladh iad gus am marbhadh iad Pòl.

15 Agus bha iad os cionn dà fhichead fear a rinn an coimh-mhionnachadh so.

14 Agus thainig iad chum nan àrd shagart, agus nan seanair, agus thubhairt iad, Chuir sinne sinn féin fa àrd mhallachadh, nach blaiseamaid ni sam bith gus am marbhamaid Pòl.

15 A nis uime sin iarraibhse maille ris a' chomhairle air an àrd cheannard, gu'n d'thugadh e d'ar ionnsuidhs' e am maireach, mar gu biodh a rùn oirbh fios fhaotainn ni bu choimhlionta air ni éigin m'a thimchoill: agus tha sinne deas chum esan a mharbhadh, mu'n d'thig e'm fagus duibh.

16 Agus an uair a chuala mac peathar Phòil am feall-fholach<sup>s</sup> so, thainig e, agus air dha dol a steach do'n chaisteal, dh'innis e sin do Phòl.

17 An sin ghairm Pòl d'a ionnsuidh aon do na ceannardaibh-cheud, agus thubhairt e, Thoir an t-òganach so chum an àrd cheannaird; oir a ta ni àraidh aige r'a innseadh dha.

18 An sin thug e leis e, agus threòraich se e chum an àrd cheannaird, agus thubhairt e, Ghairm Pòl am prìosunach mise d'a ionnsuidh, agus ghuidh e orm an t-òganach so thoirt a't-ionnsuidhse, aig am bheil ni-eigin r'a innseadh dhuil.

19 An sin rug an t-àrd cheannard air a làimh, agus chaidh e a leth-taobh an uaigneas *maille ris*, agus dh'fhiosraich e *dheth*, Ciod a tha agad r'a innseadh dhomhsa?

20 Agus thubhairt esan, Rinn na h-Iudhaich comhairle iarraidh ortsa, gu'n d'thugadh tu Pòl am maireach do'n chomhairle, mar gu'm biodh iad gu rannsachadh ni's géire a dheanamh air ni-eigin m'a thimchioll.

21 Ach na aontaich thusa leo: oir a ta os cionn dà fhichead fear dhiubh ri feall-fholach 'na aghaidh, a chuir iad féin fa mhallachadh, nach ith agus nach òl iad gus am marbl iad

e: agus a nis tha iad ullamh, a feitheamh re gealladh uaitse.

22 An sin leig an t-àrd cheannard uaith an t-òganach, agus dh'àithn e dha, ag ràdh, *Feuch*, nach innis thu do neach sam bith, gu'n d'fhoillsich thu na nithe so dhomhsa.

23 Agus ghairm e d'a ionnsuidh dà cheannard-ceud, agus thubhairt e, Ulluichibh dà cheud saighdear a théid gu Cesarea, agus dèich agus tri fichead marcach, agus dà cheud fear-sleadha, air an treas uair do'n oidhche.

24 Agus ulluichibh eich, chum air dhoibh Pòl a chur orra, gu'n toir iad e gu tèaruinte chum an uachdarain Felics.

25 Agus scrìobh e litir air a' mhodh so:

26 Beatha agus slàinte o Chlaudius Lisias, chum an uachdarain ro oirdheirc Felics.

27 Ghlacadh an duine so leis na h-Iudhachaibh, agus an uair a bha iad air tì a mharbhadh, thainig mise orra le saighdearaibh, agus thug mi dhiubh e, a' tuigsinn gu'm bu Romhanach e.

28 Agus air dhomh bhi toileach air fios an aobhair fhaotainn air son an d'agair iad e, thug mi sìos e chum an comhairle-san:

29 Agus thuig mi gu'n robh e air agairt mu cheisdibh d'an lagh féin, gun ni sam bith air a chur as a leth a b'airidh air bàs no air ceanglaichibh.

30 Ach an uair a dh'innseadh dhomh gu'n robh na h-Iudhaich gu feall a chaitheadh air an duine, air ball chuir mi a' t'ionnsuidhs' e, agus thug mi àithne mar an ceudna d'a luchd-casaid, gach cùis a bha aca'na aghaidh a chur an céill a'd làthairse. Slàn leat.

31 An sin air do na saighdearaibh Pòl a ghabhail, a réir mar a dh'àithneadh dhoibh, thug iad san oidhche e gu Antipatris.

32 Agus air an là maireach leig iad do'n mharc-shluagh dol leis, agus phill iad féin do'n chaisteal.

33 Agus an uair a chaidh iad a stigh do Chesarea, agus a thug iad



an litir do'n uachdaran, chuir iad mar an ceudna Pòl 'na fhianuis.

54 Agus an uair a leugh an t-uachdaran *an litir*, dh'fhiosraiche cò an dùthaich o'n robh e. Agus an uair a thuig e gur ann o Chìlicia bha e,

35 Thubhairt e, Eisdidh mi riut, 'nuair a thig do luchd-casaid mar an ceudna. Agus dh'àithn e esan a choimhead ann an talla-breitheanaid Heroid.

#### C A I B. XXIV.

1 *Air do Phòl a bhi air a chasaid le Tertullus an cainntfhear*, 10 *tha e freagairt air a shon féin thaobh a chaitheamh-beatha agus a theagaisg*; 24 *Tha e searmonachadh Chrìosd do'n uachdaran agus d'a mhnaoi*. 26 *Tha sùil aigesan ri ceannach uaith, ach an dìomhanas*: 27 *fa dheireadh, 'nuair a chuireadh as a dhreuchd e, tha e fàgail Phòil am prìosan*.

**A** GUS an ceann chùig làithean 'na dhéigh sin, chaidh Ananias an t-àrd-shagart sìos maille ris na seanairibh, agus ri Tertullus fear-tagraidh<sup>h</sup> àraidh, muinntir a nochd iad féin an làthair an uachdarain an aghaidh Phòil.

2 Agus an uair a ghairmeadh a mach e, thòisich Tertullus air a chasaid, ag ràdh, Dho bhrìgh gu bheil sinn trìdsa a' mealtuinn mòr shìochaint, agus gu'n d'rinneadh *iomadh* deadh ghniomh do'n chinneach so tre do ghliocas-sa,

3 Tha sinne gabhail ri so, anns gach àm agus gach àit, Fhelics ro oirdheir, maille ris gach uile bhuidheachas.

4 Ach, chum nach cuirinn mòr mhoille ort, guidheam ort, do d' shuairceas gu'n éisd thu riun gu h-athghaoraid.

5 Oir fhuair sinn am fear so 'na phlàigh, agus a' dùsgadhi nan Iudhach uile gu ceannairc air feadh an dombain, agus 'na cheann-feadhna do luchd saobh-chreidimh nan Nasarenach.

6 Neach mar an ceudna a thogair

an teampull a shalachadh; agus a ghlac sinne, agus b'àill leinn breth a thoirt air a réir ar lagha féin.

7 Ach air teachd do Lisias an t-àrd cheannard oirnn, thug é le mòr ainneart as ar làmhaidh e,

8 Ag àithneadh d'a luchd-casaid teachd a'd' ionnsuidhse; neach o'm feud thu le a cheasnachadh, fios fhaotinn air na h-uile nithibh a tha sinne a' cur as a leth.

9 Agus dh'aontaich na h-Iudhaich mar an ceudna, ag ràdh, Gu'n robh na nithe sin mar sin.

10 An sin air do'n uachdaran smèideadh air Pol e a labhairt, fhreagair esan, Is mòid mo mhisneach gu freagairt air mo shon féin, gu bheil fhios agam gu robh thusa rè mòrain bhliadhna a'd' bhreitheamh air a' chinneach so:

11 Oir feudaidh tu fios fhaotainn, nach mò na dà latha dheug o chaidh mi suas gu Hierusalem a dheanamh aoraidh.

12 Agus cha d'fhuair iad mi a' deasboireachd ri aon neach san teampull, no a' brosnachadh an t sluaigh gu ceannairc, aon chuid sna sionagogaibh, no anns a' bhaile.

13 Nì mò is urrainn iad na nithe sin a dhearbhadh a tha iad a' cur as mo leth.

14 Ach aidicheam so dhuitse, gur ann a réir na slighe sin ris an abair iadsan saobh-chreidimh, a dheanamsa aoradh do Dhia m'aithriche, a' creidsinn nan uile nithe a ta scrìobhta san lagh agus anns na fàidhibh:

15 Agus a ta dòchas agam an Dia, ris am bheil sùil mar an ceudna aca féin, gu'n d'thig aiseirigh nam marbh, nam firean araon agus nan neo-fhìrean.

16 Agus an so saothraicheam a ghnàth coguis<sup>l</sup> neo-lochdach a bhi agam thaobh Dhé, agus a thaobh dhaoine.

17 A nis an déigh mòrain bhliadhna, thainig mi a thoirt déirce chum mo chinnich, agus thabhartas.

18 Air a so fhuair Iudhaich àraidh o'n Asia mi air mo ghlanadh san teampull, gun sluagh, gun bhuaireas.

19 Muinntir d'am bu chòir bhi'n so a'd' làthairse, agus m'agairt, nam

biodh ni sam bith aca a'm' aghaidh.

20 No abradh iad so féin, ma fhuair iad eucoir<sup>m</sup> sam bith annamsa, 'nuair a sheas mi an làthair na comhairle.

21 Mur h-ann a mhàin air son an aon fhocail se, a ghlaodh mi a'm' sheasamh nam measg, Gur ann air son aiseirigh nam marbh, a ta mi air mo thoirt gu breitheanas leibhse an diugh.

22 Agus an uair a chuala Felics na nithe so, air dha eòlas ni bu dìongmhalta bhi aige air an t-slighe sin, chuir e air dàil iad, ag ràdh, 'Nuair a thig Lìsias an t-àrd cheannard a nuas, làn-rannsaichidh mi<sup>n</sup> bhur cùis.

23 Agus dh'àithn e do cheannard-ceud Pòl a ghleidheadh, agus e bhi fuasgailt' aige, agus gun neach d'a mhuinntir féin a bhacadh o fhrithéaladh dha, no teachd d'a ionnsuidh.

24 Agus an déigh làithean àraidh, 'nuair a thainig Felics maille r'a mhnaoi Drusilla, a bha' na Ban-Iudhach, chuir e fios air Pòl, agus dh'éisd e ris mu thimchioll a' chreidimh<sup>o</sup> ann an Crìosd.

25 Agus air dhasan bhi a' reusnachadh mu fhùreantachd, stuaim<sup>p</sup>, agus breitheanas ri teachd, ghabh Felics eagal mòr, agus fhreagair e, Imich romhad an tràth-sa; 'nuair a bhios ùine agam, cuiridh mi fios ort.

26 Bha dùil aige mar an ceudna gu rachadh airgid a thoirt da le Pòl, chum gu'm fuasgladh se e: uime sin chuir e fios air ni bu trice, agus labhair e ris.

27 Ach air do dhà bhliadhna bhi air an coimhlionadh, thainig Porcius Festus an àit Fhelics: agus air do Fhelics bhi toileach comain a chur air na h-Iudhachaibh<sup>r</sup>, dh'fhàg e Pòl ceangailte.

### C A I B. XXV.

2 Tha na h-Iudhaich a' casaid Phòil an làthair Fhestuis: 8 Tha e freagairt air a shon féin, 11 agus a' togail a chùis gu Ceasar, &c.

**A** NIS 'nuair a thainig Festus do'n mhòr-roinn<sup>s</sup>, an ceann trì làithean chaidh e suas o Chesarea gu Hierusalem.

2 Agus nochd an t-àrd shagart agus maithean nan Iudhach iad féin 'na làthair an agnaidh Phòil, agus chuir iad inpìdh air.

3 Ag iarraidh fàbhoir 'na aghaidh, gu'n cuireadh e fios air gu Hierusalem, agus iad a' dheanamh feall-fholach<sup>t</sup> chum esan a mharbhadh air an t-slighe.

4 Ach fhreagair Festus, Gu'm bu chòir Pòl a ghleidheadh ann an Cesaarea, agus gu'n rachadh e féin an sin gu h-aithghearr.

5 Uime sin, ars' esan, rachadh iad-san 'nar measg a dh'fheudas, sìos maille riumsa, agus ma ta coire air bith san duine so, cuireadh iad sin as a leth.

6 Agus air dha fantiunn 'nam measg os cionn deich làithean, chaidh e sìos do Chesarea, agus air an là maireach shuidh e air a' chaithir-bhreitheanais, agus dh'àithn e Pòl a thoirt a làthair.

7 Agus an uair a thainig esan, sheas na h-Iudhaich a thainig a nuas o Hierusalem m'a thimchioll, a' cur choireanna lìonmhòra agus mòra a leth Phòil, nach b'urrainn iad a dhearbhadh:

8 Nuair a fhreagair esan 'ga shaoradh féin, Cha d'rinn mi cionta sam bith an aghaidh lagha nan Iudhach, no'n aghaidh an teampuill, no'n aghaidh Cheasair.

9 Ach air bhi do Fhestus togarrach air toileachas-inntinn a thoirt do na h-Iudhachaibh, fhreagair e Pòl, agus thubhairt e, An àill leatsa dol suas gu Hierusalem, agus an sin dol fa bhreitheanas thaobh nan nithe sin ann mo làthairse?

10 An sin thubhairt Pòl, Tha mi m' sheasamh aig caithir-breitheanais Cheasair, far an còir breth a thoirt orm: air na h-Iudhachaibh cha d'rinn mi eucoir sam bith, mar is maith a ta fios agadsa.

<sup>m</sup> mi-ghnìomh. <sup>n</sup> bithidh làn fhios agam air. <sup>o</sup> na creidimh.

<sup>p</sup> measarrachd. <sup>r</sup> gnìomh taitneach a dheanamh do na h-Iudhachaibh. <sup>s</sup> earrainn; province. Sasg. <sup>t</sup> plaid-luidhe.



11 Oir ma tha mi deanamh eucoir, agus ma rinn mi ni sam bith a thoill bàs, cha 'n'eil mi diultadh bàs fhulang; ach mur 'eil ni sam bith dhiubh sin *fìor* a tha iad so a' cur as mo leth, cha'n fheud duine sam bith mo thoirt thairis doibh<sup>u</sup>. Tha mi togail mo chùis gu Ceasar.

12 An sin an déigh do Fhestus labhairt ris a' chomhairle, fhreagair e, An do thog thu do chùis gu Ceasar? Gu Ceasar théid thu.

13 Air dol do làithibh àraidh seachad, thainig Agripa an rìgh agus Bernice gu Cesarea a chur fàilte air Festus.

14 Agus air dlioibh mòran làithean a chaitheadh an sin, chuir Festus cùis Phòil an céill do'n rìgh, ag ràdh, Dh'fhàgadh duine àraidh le Felice 'na phrìosunach.

15 Air-san, an uair a bha mise ann an Ierusalem, rinn na h-àrd shagairt agus seanairean nan Iudhach casaid *rium*, ag iarraidh binne<sup>a</sup> 'na aghaidh.

16 D'an d'thug mise am freagradh so, Cha'n e gnàth nan Romhanach duine sam bith a thoirt thairis chum millidh<sup>b</sup>, gus am bi aig an neach a tha air agairt, a luchd-casaid aghaidh ri h-aghaidh, agus gu'm bi cothrom aige air e féin a shaoradh o'n choire a chuireadh as a leth.

17 Uime sin an uair a thainig iad araon an so, gun mhoille sam bith shuidh mi air an là màireach sa' chaithir-bhreitheanais, agus dh'àithn mi'n duine a thoirt a làthair.

18 Agus an uair a sheas a luchd tagraidh m'a thimchioll, cha do chuir iad coire air bith as a leth do na nithibh a shaoil mise:

19 Ach thug iad ceisdean àraidh 'na aghaidh mu thimchioll an creidimh<sup>c</sup> féin, agus mu thimchioll Iosa àraidh, a fhuair bàs, neach a thubhairt Pòl a bhi bec.

20 Agus a chionn gu robh mise amharusach mu thimchioll an leithid sin do cheisidibh, dh'fheòraich mi dheth<sup>d</sup> am b'àill leis dol suas gu Hierusalem, agus an sin dol fa bheith-eanas mu na nithibh so.

21 Ach an uair a dh'iarr Pòl a choimhead gus am fiosraicheadh a chùis-san le Augustus, dh'àithn mi e bhi air a ghleidheadh gus an cuirinn gu Ceasar e.

22 An sin thubhairt Agripa ri Festus, B'àill leamsa féin an duine so chluinntinn. Am màireach, a deir esan, cluinnidh tu e.

23 Uime sin air an là màireach, 'nuair a thainig Agripa, agus Bernice, le mòr ghreadhnachas, agus a chaidh iad a steach 'maille ris na h-àrd cheannardaibh agus prìomhdhaoineibh na cathrach do'n ionad éisdeachd, air do Fhestus àithne a thoirt, thugadh Pòl a làthair.

24 Agus thubhairt Festus, A rìgh Agripa, agus sibhse a dhaoine uile a ta làthair an so maille ruinn, tha sibh a' faicinn an duine so, mu'n do chuir sluagh nan Iudhach uile impidh ormsa, araon ann an Ierusalem, agus an so, a' glaochaich nach bu chòir e bhi ni b'fhaide beo.

25 Ach an uair a thuig mise nach d'rinn e ni sam bith a thoill bàs, agus a chionn gu'n do thog e féin a chùis gu Augustus, shonraich mi a chur d'a ionnsuidh.

26 Mu nach 'eil ni sam bith cinnteach agam r'a scriobhadh chum mo Tighearna. Uime sin thug mi mach e d'ar ionnsuidhse, agus gu h-àraidh a'd' ionnsuidhse, a rìgh Agripa, chum an déigh rannsachadh a dheanamh, gu'm biodh agam ni eigin r'a scriobhadh.

27 Oir is mi-reusonta a'm' bheachd-sa prìosunach a chur uam, agus gun na cùisean a ta 'na aghaidh ainmeachadh.

## C A I B. XXVI.

2 Tha Pòl an làthair Agripa, a' cur an céill a chaithe<sup>a</sup>-beatha o c òige 12 agus cionnus a dh'iompoiheadh, e gu mòrbhuileach, agus a ghairmeadh e gu bhi 'na abstol. 24 Tha Festus a' cur as a leth gu robh e air a'chuthach, agus esan a' freagairt gu séimh, &c.

**A**N sin thubhairt Agripa ri Pòl. Tha cead agad labhairt air

<sup>u</sup> cha'n fheud duine sam bith an toileachadh le mise a thoirt thairis doibh. <sup>a</sup> ditidh. <sup>b</sup> bàis, <sup>c</sup> an saobh-chreidimh. <sup>d</sup> thubhairt mi ris.

do shon féin. An sin shìn Pòl a mach a làmh, agus fhreagair e air a shon féin,

2 Ataim 'gam mheas féin sona, a rìgh Agripa, do bhrìgh gu bheil mi gu freagairt air mo shon féin an diugh a'd làthairsa, thaobh nan nithe sin uile a ta air an cur as mo leth leis na h-Iudhachaibh:

3 Gu h-àraidh, a chionn gu bheil thusa eòlach<sup>e</sup> air gach gnàth agus ceisd a tha am measg nan Iudhach: uime sin guidheam ort, éisd rium gu foighidneach.

4 Tha mo bheathasa o m' òige, a chaitheadh air tùs am measg mo chinnich féin ann an Ierusalem, aithneichte do na h-Iudhachaibh uile,

5 D'am b'aithne mi o thùs, (nam b'aill leo fianuis a dheanamh) gu'n do chaith mi mo bheatha a'm' Phairiseach, a réir an luchd comh-bharail a's teinne d'ar creidimhne.

6 Agus a nis tha mi m' sheasamh fa bhreitheanas air son dòchais a' gheallaidh a rinneadh le Dia d'ar n-aithrichibh:

7 Chum am bheil dùil aig ar dà thréibh dheugne teachd, a' deanamh seirbhis do *Dhia* a là agus a dh'oidhche do ghnàth; agus air son an dòchais so tha mise, a rìgh Agripa, air m'agairt leis na h-Iudhachaibh.

8 C'ar son a mheasarf leibhse mar ni do-chreidsinn, gu'n dùisgeadh Dia na mairbh?

9 Gu deimhin mheas mise annam féin, gu'm bu chòir dhomh mòran nithe a dheanamh an aghaidh ainme Iosa o Nasaret.

10 Ni mar an ceudna a rinn mi ann an Ierusalem: agus air faotainn ùghdarras o na h-àrd shagartaibh, dhruid mi mòran do na naoimh am prìosunaibh; agus an uair a chuir-eadh gu bàs iad, thug mi mo ghuth 'nan aghaidh.

11 Agus a 'deanamh peanais orra gu minic anns gach sionagag, choimhéignich mi iad gu toibheum<sup>g</sup> a labhairt; agus air dhomh bhi gu ro mhòr air boile 'nan aghaidh, rinn

mi geur-leanmhuinn orra, eadhon gu bailtibh coigreach.

12 Air a so 'nuair a bha mi dol gu Damascus, le cumbachd agus barantas<sup>h</sup> o na h-àrd shagartaibh;

13 Mu mheadhon-là, O a rìgh, chunnaic mi air an t-slighe solus o nèamh, bu shoilleire na solus na gréine, a' dealrachadh mu'n cuairt orm, agus orrasan a bha 'g imeachd maille rium.

14 Agus air tuiteam dhuinn uile air an talamh, chuala mi guth a' labhairt rium, agus ag ràdh anns a' chainnt Eabhruidhich, A Shaul, a Shaul, c'ar son a ta thu ga m' gheur-leanmhuinn? Is cruaidh dhuitse bhi breabadh an aghaidh nan dealg.

15 Agus thubhairt mise, Cò thu, a Thighearn? Agus thubhairt esan, Is mise Iosa a tha thusa a' geur-leanmhuinn.

16 Ach éirich, agus seas air do chosaibh; oir dh'fhoillsich mi mi féin duit chum na crìche so, gu'n orduichinn thu a'd mhinisteir agus a'd fhianuis araon air na nithibh sin a chunnaic thu, agus na nithibh anns am foillsich mi mi féin duit;

17 Ga d' shaoradh o'n t-slaugh, agus o na Cinneachaibh, chum am bheil mi nis ga d' chur,

18 A dh'fhosgladh an sùl, chum gu tionndaidh iad o dhorchadas gu solus, agus o chumbachd Shatain gu Dia, chum gu faigh iad maith-eanas peacaidh, agus oighreachd maille ris a' mhuinntir sin a ta air an naomhachadh tre'n chreidimh a ta annamsa.

19 Uime sin, a rìgh Agripa, cha robh mi eas-ùmhail do'n taisbean nèamhaidh:

20 Ach shearmonaich mi air tùs dhoibhsan ann an Damascus, agus ann an Ierusalem, agus air feadh tìre Iudea uile, agus an sin do na Cinneachaibh, iad a dheanamh aithreachais agus pilltinn ri Dia, a' deanamh oibre iomchuidh an aithreachais<sup>l</sup>.

21 Air son nan nithe so ghlac na

<sup>e</sup> [gur aithne dhomh] gu bheil thusa eòlach. <sup>f</sup> C'ar son? am measar.

<sup>g</sup> gu beum a thabhairt do ainm Iosa. <sup>h</sup> ùghdarras, comas. <sup>i</sup> agus gu'n tionndadh. <sup>l</sup> cubhaidh do aithreachas, airidh air aithreachas.



h-Iudhaich mi san teampull, agus b'àill leo mo mharbhadh<sup>m</sup>.

22 Uime sin air dhomh còmhnaidh fhaotainn o Dhia, bhuanaiach mi gus an là'n diugh, a' deanamh fianuis do'n bheag agus do'n mhòr, gun ni air bith 'a labhairt ach na nithe sin a thubhairt na fàidhean agus Maois a bha gu teachd :

23 Gu robh Criosd gu fulang, agus gu robh e gu éirigh an ceud neach o na marbhaibh, agus gu'm foillsicheadh e solus do'n phobull, agus do na Cinneachaibh.

24 Agus air dha bhi labhairt nan nithe so air a shon féin, thubhairt Festus le guth àrd, Tha thu air mhi-chéill<sup>n</sup> a Phòil : tha mòr fhòghlum ga d' chur air boile.

25 Ach thubhairt esan, Cha 'n'eil mi air boile, Fhestuis ro oirdheirc ; ach labhram briathra na fìrinn agus na céille.

26 Oir a ta fhios aig an rìgh roimh am bheil mise labhairt gu saor, air na nithibh so : oir tha cinnt agam nach 'eil a h-aon do na nithibh so an ain-fhios da ; oir cha'n ann an cùil a rinneadh so.

27 Am bheil thu creidsinn nam fàidh, a rìgh Agripa ? tha fhios agam gu bheil thu 'g an creidsinn.

28 An sin thubhairt Agripa ri Pòl, Is beag nach 'eil thu 'gam aomadh gu bhì'm Chrìosduidh.

29 Agus thubhairt Pòl, B'e mo ghuidhe air Dia, gu'm biodh cha'n e mhaìn thusa, ach mar an ceudna iadsan uile a tha 'g éisdeachd rium an diugh, ann am beag agus am mòr, mar a ta mise, saor o na geimhlibh so.

30 Agus air dha na briathra so a labhairt, dh'éirich an rìgh, agus an t-uachdaran, agus Bernice, agus an dream a shuidh maìlle riu.

31 Agus air dola leth-taobh dhoibh, labhair iad r'a chéile, ag ràdh, Cha 'n'eil an duine so a' deanamh ni air bith toillteannach air bàs, no air geimhlibh.

32 An sin thubhairt Agripa ri Festus, Dh'fheudta an duine so a

leigeadh as. mur bìodh gu'n do thog e a chùis gu Ceasar.

# CAIB. XXVII.

1 Tha Pòl a' gabhail luinge do'n Ròimh, 19 ag innseadh roimhlàimh cunnairt an turuis, ach cha 'n'eilear a' toirt creideis da. 14 Tha iad air an séideadh chuige agus uath le stoirm, agus a' fulang long-bhrisidh ; 44 gidheadh tha iad a' teachd air tìr gu tèarainte.

**A** GUS an uair a thugadh breth sinne a sheòladh do'n Eadailt, thug iad Pòl thairis maille ri priosun-aiach àraidh eile, do cheannard-ceud d'am b'ainm Iulius, do chuideachd Augustuis.

2 Agus air dhuinn dol air luing le Adramitium, thog sinn ar seòil, a' cur romhainn seòladh seachad air crìochaibh na h-Asia, air do Aristarchus Macedonach o Thesalonica bhi maille ruinn.

3 Agus air an là màireach, thainig sinn gu Sidon. Agus air do Iulius buntainn gu suaice<sup>o</sup> ri Pòl, leig e dha dol a dh'ionnsuidh a chàirde chum comhfhurtachd fhaotainn.

4 Agus air dhuinn stiùradh as sin, sheòl sinn fuidh Chiprus, a chionn gu robh na gaotha<sup>p</sup> 'nar aghaidh.

5 Agus air seòladh dhuinn tre'n fhairge ta làimh ri Cilicia agus Pamphilia, thainig sinn gu Mira cathair<sup>r</sup> do Licia.

6 Agus fhuair an ceannard-ceud long an sin o Alecsandria, a bha seòladh do'n Eadailt, agus chuir e sinn a steach innte.

7 Agus an uair a sheòl sinn gu mall rè mòrain do làithibh, agus a thainig sinn air éigin fa chomhair Chniduis, a chionn nach do leig a' ghaoth leinn, sheòl sinn fuidh Chrete, fa chomhair Shalmone :

8 Agus air dhuinn seòladh air éigin seachad air, thainig sinn gu ionad àraidh d'an goirear, Na calaidh sgiamhach, am fagus d'an robh baile Lasea.

9 Agus air do mhòran ùine dol seachad, 'nuair a bha seòladaireachd

<sup>m</sup> làmh a chur annar. <sup>n</sup> air a' chultach. <sup>o</sup> caoinneil. <sup>p</sup> an soirbheas. <sup>r</sup> baile.

a nis cunnartach, a chionn gu'n deachaidh an trosgadh<sup>s</sup> cheana seachad, chomhairlich Pòl iad,

10 Ag ràdh riu, Fheara, tha mi faicinn gu'm bi an t-seòladaireachd so le dochann agus call mòr, cha'n e mhàin do'n luchd agus do'n luing, ach d'ar n-anamaibh féin.

11 Gidheadh, is mò chreid an ceannard-ceud an seòladair agus maighstir na luinge, na na nithe a labhradh le Pòl.

12 Agus a chionn gu'n robh an cala neo-ìomchuidh gus an geamhradh a chaitheadh ann, b'i comhairle na cuid bu mhò seòladh as sin mar an ceudna, agus nam feudadh iad air chor sam bith teachd gu Phenice, cala do Chrete a ta 'g amharc chum an iar-dheas, agus an iar-thuath, agus fantuinn rè a' gheamhraidh an sin.

13 Agus an uair a shéid a' ghaoth a deas gu ciuin, shaoil iad gu d'fhuair iad an rùn, agus ag togail an seòl dhoibh, stiur iad ri taobh Chrete.

14 Ach an ceann beagain 'na dhéigh sin, shéid gaoth stoirmeil<sup>e</sup> 'na h-aghaidh<sup>u</sup>, d'an goirear Euroclidon.

15 Agus air bhì do'n luing air a fuadachadh, agus gun chomas di dol an aghaidh na gaoithe, leig sinn ruith dh'i.

16 Agus air dhuinn ruith a stigh fuidh eilean beag àraidh d'am b'ainm Clauda, is ann le éigin a ràinig sinn air a' bhàta:

17 Agus air dhoibh a thogail suas, ghnàthaich iad gach gleus còmhnaidh, a' criosadh na luinge fuipe; agus air dhoibh bhì fa eagal gu'n tuiteadh iad sa' bheo-ghaineamh, leig iad an seòil sìos, agus mar sin dh'ìomaineadh iad.

18 Agus air dhuinne bhì gu ro-mhòr air ar luasgadh<sup>a</sup> leis an stòirm, air an là 'na dhéigh sin thilg iad a mach an luchd;

19 Agus air an treas là thilg sinn le'r làmhaibh féin a mach acfùinn na luinge.

20 Agus an uair nach robh a' ghrian no na reulta r'am faicinn rè mòrain do làthibh, agus a luidh

stòirm nach bu bheag oirn, thugadh an sin uainn gach uile dhòchas gu teasairgteadh sinn.

21 Ach air dhuinn bhì fada 'nar trosg, an sin air seasamh do Phòil 'nam meadhon, thubhairt e, Fheara, bu chòir dhuibh mo chomhairlese ghabhail, agus gun fhuasgladh o Chrete, agus an dochann agus an call so a sheachnadh.

22 Agus a nis guidheam oirbh, biodh misneach mhaith agaibh: oir cha bhì call anama sam bith 'nar measg; ach a mhàin na luinge.

23 Oir air an oidheche nochd sheas làimh riumsa aingeal an Dé sin, d'am buin mi, agus d'an deanam seirbh-is,

24 Ag ràdh, A Phòil, na biodh eagal ort; is éigin duit bhì air do thoirt an làthair Cheasair: agus feuch, thiodhlaic<sup>b</sup> Dia dhuit iadsan uile a ta seòladh maille riut.

25 Uime sin, fheara, biodh agaibh deadh misneach: oir a ta mi creidsinn Dhé, gu'n tachair ceart mar a labhradh rium.

26 Ach is éigin duinn bhì air ar tilgeadh air eilean àraidh.

27 Agus an uair a bha an ceathramh oidheche deug air teachd, air dhuinne bhì air ar séideadh chuige agus uaith ann an cuan Adria, mu mheadhon-oidheche b'i barail nam maraichean gu robh iad am fagus do thìr éigin:

28 Agus air leigeadh na luaidhe sìos doibh, fhuair iad an doimhne fichead aitheamh: agus an uair a chaidh iad beagan air an aghaidh, leig iad sìos an luaidh a rìs, agus fhuair iad i 'na cùig aitheamh deug.

29 An sin air bhì dhoibh fa eagal gu'm buaileadh iad air fonadaibh garbha, thilg iad ceithir acraichean a deireadh na luinge, agus ghuidh iad an là a theachd.

30 Agus an uair a bha na maraichean air tìd teicheadh a mach as an luing, agus a leig iad sìos am bàta do'n fhairge, a' gabhail orra bhì tilgeadh a mach acraichean a toiseach na luinge,

<sup>s</sup> trasgadh. <sup>t</sup> anrathach. <sup>u</sup> 'nar n-aghaidh. <sup>a</sup> séideadh o thonn gu tonn.

<sup>b</sup> dheadnuich. <sup>c</sup> grunnachadh dhoibh. <sup>d</sup> fonn.



31 Thubhairt Pòl ris a' cheannard-ceud, agus ris na saighdearibh, Mur fan iad sin san luing, cha 'n'eil e'n comas duibh bhi air bhur teasairg-inn.

32 An sinn ghearr na saighdearan cuid a' bhàtaidh, agus leig iad leis tuiteam sìos.

33 Agus am feadh a bha an là a' teachd, thug Pòl a' chomhairl' orra uile biadh a' ghabhail, ag ràdh, Is e so an ceathramh là deug dhuibh a' feitheamh, agus a' fantuinn 'nar trosg, gun bhiadh sam bith a' ghabhail.

34 Uime sin guidheam oirbh biadh a' ghabhail: oir a ta so chum bhur slàinte: oir cha chaillear<sup>e</sup> foiltean a ceann a h-aon agaibh.

35 Agus air dha na nithe so labhairt, agus aran a' ghlacadh, thug e buidheachas do Dhia 'nan làthair uile, agus air dha a' bhriseadh, thòisich e ri itheadh.

36 An sin ghlac iad uile misneach chuca, agus ghabh iadsan biadh mar an ceudna.

37 Agus bha sinn a' dh'anamaibh uile anns an luing, dà cheud agus sea-deug agus trì fichead.

38 Agus an uair a shàsuicheadh iad le biadh, dh'eutromaich iad an long, agus thilg iad a' mach an cruineachd san fhairge.

39 Agus an uair a bha'n là air teachd, cha d'aithnich iad am fearann: ach thug iad an aire do lùib<sup>f</sup> àraidh aig an robh tràigh, anns an robh mhuann orra, nam b'urrainn iad, an long a' chur gu tìr.

40 Agus air togail nan acraichean doibh, leig iad ris an fhairge<sup>z</sup>, agus an uair a dh'fhuasgail iad ceanglaichean na stiùire, agus a' thog iad am prìomh sheòl<sup>g</sup> ris a' ghaoith, sheòl iad chum na tràighe.

41 Agus air tuiteam dhoibh ann an ionad àraidh far an do choinnich dà fhairge a' chéile, bhuail iad an long air grund; agus air sàthadh d'a toiseach sa' ghrund, dh'fhan e gun charachadh, ach bhriseadh a' deireadh le ainneart nan tonn.

42 Agus b'i comhairle nan saighdear gu marbhadh iad na prìosunaich,

air eagal gu'n snàmhadh neach sam bith dhiubh a' mach, agus gu rachadh iad as.

43 Ach air bhi do'n cheannard-ceud toileach Pòl a' theasairginn, chum e air ais o'n comhairle iad, agus dh'àithn e dhoibhsan d'am b'aithne snàmh iad féin a' thilgeadh sa' chuan air tùs, agus dol a' mach air tìr:

44 Agus do chàch dh'àithn e, cuid dhiubh dhol air clàraibh, agus cuid eile air mìribh briste do'n luing: agus mar sin tharladh gu'n deachaidh iad uile tèaruinte gu tìr.

## C A I B. XXVIII.

1 An déigh an long-bhrisidh thug an sluagh borb aoidheachd gu suairce do Phòl. 5 Cha do chiùrradh a' làmh le nathair nimhe a' lean rithe. 8 Tha e a' slànuchadh mòrain eucaile san eilean. 11 Tha iad a' gabhail an turuis chum na Ròimhe, &c.

A GUS an uair a thearnadh iad, thuig iad an sin gu'm b'e Melita ainm an eilein.

2 Agus nochd an sluagh borb caoimhneas nach bu bheag dhuinn: oir air fadadh teine dhoibh, ghabh iad ruinn uile, air son an uisge a' bha ann, agus air son an fhuachd.

3 Agus air do Phòl dorlach bhioran a' thional, agus an cur air teine, thainig nathair nimhe mach as an teas, agus shàs i' na làimh.

4 Agus an uair a chunnaic an sluagh borb a' bhéisd an crochadh r'a làimh, thubhairt iad r'a chéile, Gu cinnteach is mortair an duine so, da nach fuiling dioghaltas bhì beo, ge do theasairgeadh o'n fhairge e.

5 Agus air dhasan a' bhéisd a' chrathadh dheth anns an teine, cha d'fhuailg e dochann sam bith.

6 Ach bha iadsan a' feitheamh c'uin a' dh'atadh e, no a' thuiteadh e sìos marbh gu h-obann: ach an uair a dh'fheith iad ùine fhada, agus nach fac iad dochann sam bith a' teachd air, air caochladh an inntinn dhoibh, thubhairt iad gur Dia e.

7 Agus bha mu thimchioll an àite sin fearann aig prìomh dhuine an eilein, d'am b'ainm Publius, a' ghabh

ruinne agus a thug rè thri làithean aoidheachd dhuinn gu càirdeil.

8 Agus tharladh gu robh athair Phubliuis 'na luidhe gu tinn le fiabhras, agus gearrthach fola: air do Phòl dol a steach d'a ionnsuidh, rinn e ùrnuigh, agus air dha a làmhan a chur air, leighis se e.

9 Agus an uair a rinneadh so, thainig mar an ceudna muinntir eile a bha euslan san eilean d'a ionnsuidh, agus leighiseadh iad:

10 Muinntir mar an ceudna a thug mòr urram dhuinn; agus ag falbh dhuinn, chuir iad na nithe sin leinn a bha feumail dhuinn.

11 Agus an déigh thri mìosa sheòl sinn ann an luing o Alecsandria, a chaith an geamhradh san eilean, d'am bu shuaitheantas Castor agus Pollucs.

12 Agus air teachd tìr dhuinn aig Siracuse, dh'fhan sinn an sin trì làithean.

13 Agus air seòladh dhuinn timchioll as sin, thainig sinn gu Rhegium: agus an ceann latha 'na dhéigh sin shéid a' ghaoth a deas, agus thainig sinn an t-ath là gu Путеoli:

14 Air dhuinn bràithrean fhaotainn an sin, chuireadh impidh oirnn leo fantuinn seachd làithean maille riu: agus mar sin thriall sinn chum na Ròimhe.

15 Agus as sin, air faotainn ar sgéil do na bràithribh, thainig iad 'nar coinneamh gu Appii-forum, agus na Tri tighibh-òsda; agus an uair a chunnaic Pòl iad, thug e buidheachas do Dhia, agus ghabh e misneach.

16 Agus an uair a thainig sinn do'n Ròimh, thug an ceannard-ceud thairis na prìosunaich do cheannard an fhreiceadain: ach thugadh comas do Phòl a bhli leis féin<sup>l</sup>, maille ri aon saighdear a bha 'ga ghleidheadh.

17 Agus tharladh, an déigh thri làithean, gu'n do ghairm Pòl maithcan<sup>l</sup> nan Iudhach an ceann a chéile. Agus an uair a chruinnicheadh iad, thubhairt e riu, Fheara agus a bhràithre, ge nach d'rinn mise ni sam bith an aghaidh a' phobuill no

ghnàthanna nan aithriche, thugadh thairis mi a'm<sup>l</sup> phrìosunach o Hierusalem do làmhaibh nan Romhanach.

18 Muinntir an déigh dhoibh mo cheasnachadh, leis am bu mhiann mo leigeadh as, a chionn nach robh coire bàis sam bith annam.

19 Ach an uair a bha na h-Iudhaich a' labhairt an aghaidh so, b'éigin domh mo chùis a thogail gu Ceasar; cha'n e gu bheil coire sam bith agam r'a chur a leth mo chinnich.

20 Air an aobhar so uime sin chuir mi fios oirbhe, chum gu faicinn sibh, agus gu'n labhrainn ribh: oir is ann air son dòchais Israeil a ta mi ceangailte leis an t-slabhraidh so.

21 Agus thubhairt iadsan ris, Cha d'fhuaire sinn litriche sam bith a Iudea mu d' thimchioll, cha mhò a dh'fhoillsich no dh'innis a h-aon do na bràithribh a thainig, olc sam bith umad.

22 Ach bu mhaith leinn a chluinntinn uaitse ciod i do bharail: oir mu thimchioll na gnè-chreidimh so, tha fhios againn gu'n labhrar sgach àit 'na h-aghaidh.

23 Agus air suidheachadh là ris, thainig mòran d'a ionnsuidh chum a cheithreanna; d'an do mhìnich e rioghachd Dhé, a' deanamh fianuis uimpe, agus a' cur impidh orra thaobh nan nithe a bhuineas do Iosa, araon a lagh Mhaois, agus as na fàidhibh, o mhochthrath gu feasgar.

24 Agus chreid cuid na nithe a labhradh, agus cha do chreid cuid eile dhiubh.

25 Agus air dhoibh bhi an aghaidh a chéile, sgaoil iad, air do Phòl aon fhocal a ràdh, Is maith a labhair an Spiorad naomh tre'n fhàidh Esaias, r'ar n-aithrichibh,

26 Ag ràdh, Imich chum a' phobuill so, agus abair, Le cluinntinn cluinidh sibh, agus cha tuig sibh; agus le faicinn chì sibh, agus cha'n aithnich sibh<sup>m</sup>.

27 Oir a ta cridhe a' phobuill so air fàs reamhar, agus tha iad a' cluinntinn gu trom<sup>n</sup> le'n cluasaibh, agus chang<sup>o</sup> iad an sùilean; air eag-

<sup>l</sup> teusaich. <sup>i</sup> far am bu toil leis. <sup>l</sup> uaislean, prìomh dhaoine.

<sup>m</sup> cha léir dhuibh. <sup>n</sup> mail. <sup>o</sup> dhruid.



al gu faiceadh iad le'n sùilibh, agus gu'n cluinneadh iad le'n cluasaibh, agus gu'n tuigeadh iad le'n cridhe, agus gu'm pilleadh iad, agus gu'n slànuichinn's iad.

28 Uime sin biodh fhios agaibhse, gu'n do chuireadh slàinte Dhé chum nan Cinneach, agus éisdidh iadsan.

29 Agus an uair thubhairt e na briathra so, dh'imich na h-Iudhaich

rompa, agus bha mòr reusonachadh<sup>p</sup> aca eatorra féin.

50 Agus dh'fhan Pòl dà bhliadhna iomlan 'na thigh-màil<sup>r</sup> féin, agus ghabh e ris na h-uile dhaoineibh a thainig d'a ionnsuidh,

51 A' searmonachadh rioghachd Dhé, agus a' teagasg nan nithe a bhuineas do'n Tighearn Iosa Criosd, leis an uile dhànachd, gun toirmeasg.

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN ROMHANACH.

### C A I B. I.

1 Tha Pòl a'moladh a dhreuchd do na Romhanachaibh, agus ag innseadh a thograidh gu teachd d'an ionnsuidh.

16 Cìod e soisgeul Chrìost, agus an fhìreantachd a ta e a' foillseachadh.

18 Tha fearg aig Dia ris gach uile ghnè peacaibh. 21 Cìod iad peacanna nan Cinneach.

**P**OL seirbhiseach Iosa Criosd, a ghairmeadh 'na abstol a chuireadh air leth<sup>s</sup> chum Soisgeil Dè,

2 (A roimh-gheall e le fhàidibh féin anns na scribeuiribh naomha.)

3 Mu thimchioll a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna, a rinneadh do shìol Dhaibhidh, a réir na feòla.

4 A dhearbhadh<sup>t</sup> bhi 'na Mhac do Dhia le cumhachd, a réir Spioraid na naomhachd, trid aiseirigh e na marbh-aibh :

5 Tre an d'fhuair sinne gràs agus abstolachd chum umhlachd a' chreidimh am measg nan uile chinneach air sgàth ainmesan :

6 Am measg am bheil sibhse mar an ceudna air bhuir gairm le Iosa Criosd.

7 Chum nan uile a ta san Ròimh, air an gràdhachadh le Dia, air an gairm 'nan naoimh: Gràs gu robh dhuibhse, agus sìothchaint o Dhia ar

n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

8 Air tùs, tha mi toirt buidheachais do m' Dhia trid Iosa Criosd, air bhuir sonsa uile, do bhrìgh gu bheil bhuir creidimh ionraideach air feadh an domhain uile.

9 Oir is e Dia m'fhianuis, d'am bheil mi a' deanamh seirbhis le m' spiorad ann an soisgeul a Mhic, gu bheil mi gun sgur a' deanamh iomraidh oirbh,

10 A ghnàth a' guidhe ann am ùrnuighibh (nam feudainn a nis fadheoidh air aon chor le toil Dé turus soirbheasach fhaotainn) ri teachd d'ar ionnsuidhse.

11 Oir a ta deidh<sup>u</sup> agam air sibhse fhaicinn, ionnas gu pàirtich mi tiodhlacadh àraidh spioradail ribh, chum bhuir neartachadh;

12 Sin ri ràdh, chum gu faigh mi comhfhurtachd annaibhse<sup>a</sup>, trid chreidimh a chèile, bhuir creidimhse, agus mo chreidimhse.

13 Agus cha'n àill leam, a bhràithre, e bhi'n ain-fhios duibhse gu'n do chuir mi romham gu minic teachd d'ar n-ionnsuidh, (ach bhacadh mi gus a so) chum gu faighinn toradh éigin 'nar measgsa fòs, mar am measg nan Cinneach eile.

<sup>p</sup> dheasboireachd. <sup>r</sup> réidh. <sup>s</sup> sgaradh. <sup>t</sup> dh'orduicheadh. <sup>u</sup> togradh.  
<sup>a</sup> maraon ribhse.

14 Oir a ta mi fuidh fhiachaibh faraon do na Greugachaibh, agus do na daoineibh borba, araon dhoibhsan a ta glic, agus dhoibhsan a ta neo-ghlic.

15 Uime sin, mheud 's a ta 'n comas domh, tha mi ullamh chum an soisgeul a shearmonachadh dhuibhse mar an ceudna a ta san Ròimh.

16 Oir cha nàr leamsa soisgeul Chriosd: oir is e cumhachd Dhè e chum slàinte, do gach neach a chreideas, do'n Iudhach air tùs, agus mar an ceudna do'n Ghreugach.

17 Oir a ta fireantachd Dhé air a' foillseachadh ann tre chreidimh gu creidimh: mar a ta e scribedhta, Bithidh am firean beo tre chreidimh.

18 Oir a ta fearg Dhé air a' foillseachadh o nàmh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhuidheachd, agus eucoir dhaoine, a tha bacadh na fìrinn ann an neo-fhìreantachd.

19 Do bhrìgh gu bheil an nì air am feudar fios fhaotainn a thaobh Dhé follaiseach annta-san<sup>c</sup>; oir rinn Dia follaiseach dhoibh e.

20 Oir *riamh* o chruthachadh an t-saoghail a ta a nithe-san nach feudar fhaicinn, eadhon a chumhachd sìorruidh agus a Dhiadhachd, air am faicinn gu soilleir, air dhoibh bhi so-thuigsinn o na nithibh a rinneadh; chum gu biodh iad gun leithsgeul aca:

21 Do bhrìgh 'nuair a b'aithne dhoibh Dia, nach d'thug iad glòir dha mar Dhia, agus nach robh iad taingeil, ach gu'n d'fhàs iad dìomhain 'nan reusonachadh féin, agus gu'n do dhorchaicheadh an cridhe amaid-each.

22 Ag ràdh gur daoine glice iad féin, rinneadh amadain diubh:

23 Agus chaochail<sup>e</sup> iad glòir an Dé neo-thruaillidh gu dealbh a rinneadh cosmhuil ri duine truaillidh, agus eunlaith, agus ainmhidhibh ceithir-chosach, agus bhéisdibh snàig-each.

24 Uime sin thug Dia thairis iad mar an ceudna, tre anamhiannaibh an cridhe féin, chum neo-ghloine, a

thoirt easurraim d'an corpaibh féin eatorra féin:

25 Muinntir a chaochail fìrinn Dé gu bréig, agus a thug aoradh agus a rinn seirbhis do'n chreutair nì's mò na do'n Chruithear, a ta beannuichte gu sìorruidh. Amen.

26 Air a shon so thug Dia thairis iad do anamhiannaibh gràineile: oir chaochail eadhon am mnàin an gnàthachadh nàdurra chum a' ghnàtha a ta'n aghaidh nàduir.

27 Agus mar an ceudna na fir, air tréigsinn doibh gnàthachadh nàdurra na mnà, loisgeadh iad le'n togradh d'a chéile, fìrionnaich ri fìrionnaich ag oibreachadh gràineileachd<sup>f</sup> agus iad a' faotainn dìol-thuarasdail an seacharain annta féin, mar bu chòir.

28 Agus amhuil mar nach bu taitneach leo eòlas Dé a chumail, thug Dia thairis iad do inntinn mhi-chéillidh, a dheanamh nithe nach robh iomchuidh:

29 Air dhoibh bhi air an lìonadh do'n uile eucoir, strìopachas, olc, shannt, mhi-run: làn do fharmaid, do mhòrtadh, do chonnsachadh<sup>g</sup>, do cheilg, do dhroch-bheusaibh<sup>h</sup>; nan luchd cogarsaich,

30 'Nan luchd-anacainnti, 'nan luchd fuath air Dia, 'nan luchd tarcuis, uaibhreach, 'nan luchd ràiteachais<sup>i</sup>, 'nan luchd cumadh uile, eas-ùmhail do phàrantaibh,

31 Ea-céillidh, 'nan luchd-brisidh coimhcheangail, gun ghràdh nàdurra, do-réiteachaidh, neo-thruacanta:

32 Muinntir d'an aithne ceartas Dé (gu bheil iadsan a nì an leithide sin do nithibh toillteannach air bàs) *gidheadh* nì h-e mhàin gu bheil iad féin 'gan deanamh, ach a ta mar an ceudna tlachd aca do'n mhuinntir a nì iad.

## C A I B. II.

1 Iadsan a ta peacachadh, ge do tha iad a' cronachadh so an daoinibh eile, cha'n urrainn iad an leithsgeul féin a ghabhail, 6 agus is mòr is lugha na sin a dh'fheudas iad dol

<sup>b</sup> cumadh. <sup>c</sup> 'nam measg. <sup>d</sup> ionnas gu bheil. <sup>e</sup> dh'atharraich.  
<sup>f</sup> an nì sin a ta mi-chiatach. <sup>g</sup> chomhstri. <sup>h</sup> anamèineachd,  
 cascaoineachd. <sup>i</sup> 'Nan luchd cùl-chàineadh. <sup>l</sup> bòstail.



as o cheart bhreitheanas Dé, ma's Iudhaich no Cinnich iad. 14 Cha 'n'eil na Cinnich comasach air do as, 17 no idir na h-Iudhaich, 25 do nach 'eil feum san timchioll-ghearradh, mur coimhid iad an lagh.

**U**IME sin a ta thu gun leithsgeul, O a dhuine, cia air bith thu a tha toirt breth: oir an uair a tha thu toirt breth air neach eile, tha thu ga d' dhèidh féin; oir thusa a ta toirt breth, tha thu deanamh nan nithe sin féin.

2 Ach a ta fios againne gu bheil breitheanas Dé a réir fìrinn, an aghaidh na muinntir a tha deanamh an leithide sin.

5 Agus an saoil thusa so, O a dhuine, a tha toirt breth orra-san a ni an leithide sin, agus a ta 'gan deanamh thu féin, gu'n d' théid thu as o bhreitheanas Dé?

4 No'n dean thu tarcuis air saibhearas a mhaithéis, agus fhoighidin, agus fhad-fhulangais, gun fhios bhi agad gu bheil maithéas Dé ga d' threòrachadh chum aithreachais?

5 Ach a réir do chruais agus do chridheneo-aithreachail, a ta thu càrnadh<sup>m</sup> suas feirge dhuit féin fa chomhair là na feirge, agus foillseachaidh ceart bhreitheanais Dé;

6 A bheir do gach aon a réir a ghnìomhara;

7 Dhoibhsan a ta le buanachadh gu foighidneach ann an deadh obair, ag iarraidh glòire, agus onoir, agus neo-bhàsmhorachd, a' bheatha mhair-eannach:

8 Ach dhoibhsan a ta conspoid-each, agus nach 'eil ùmhal do'n fhìrinn, ach a ta ùmhal do'n eucoir, diom agus fearg;

9 Ambghar agus teanntachd air gach anam duine a ta deanamh uile, do'n Iudhach air tùs, agus mar an ceudna do'n Ghreugach.

10 Ach glòir, agus onoir, agus sìth, do gach duine a ni maith, do'n Iudhach air tùs, agus do'n Ghreugach mar an ceudna:

11 Oir cha 'n'eil spéis aig Dia do phearsa seach a chéile.

12 Oir a mheud 'sa pheacaich gun an lagh, sgrìosar iad gun an lagh: agus a mheud 's a pheacaich fuaidh 'n lagh, dìtear iad leis an lagh:

13 (Oir cha'n iad luchd-éisdeachd an lagha a ta 'nam fìreanaibh am fianuis Dé, ach bithidh luchd-deanamh an lagha air am fìreanachadh<sup>n</sup>.)

14 Oir an uair a ta na Cinnich aig nach 'eil lagh, a thaobh nàduir a' deanamh nan nithe a ta san lagh, air dhoibhsan a bhi gun lagh tha iad 'nan lagh dhoibh féin:

15 Muinntir a ta nochdadh obair an lagha sgrìobhta 'nan eridheach-aibh, air bhì d'an coguis a' deanamh fianuis leo, agus an smuaintean eat-orra féin 'gan agairt, no a' gabhail an leithsgeil.)

16 San là anns an tathair Dia breth air nithibh uaigneach dhaoine, a réir mo shoisgeille, trid Iosa Crìosd.

17 Feuch, goirear Iudhach dhiot-sa, agus tha thu cur dòigh san lagh, agus a' deanamh uail a Dia;

18 Agus is aithne dhuit a thoil, agus a ta thu a' dearbhadh nan nithe<sup>o</sup> a's fearr, air dhuit bhì air do theagasg as an lagh,

19 Agus a ta thu dòchasach gur ceann-iuil<sup>p</sup> thu féin do na dallaidh, solus dhoibhsan a ta an dorchadas,

20 Fear-fòghluim do dhaoineibh neo-eagnaidh, fear-teagaisg do lean-abaibh, aig am bheil samhladh an eòlais agus na fìrinn a ta san lagh.

21 Thusa uime sin a ta teagasg neach eile, nach 'eil thu ga d' theagasg féin? thusa a ta searmonachadh gun ghoid a dheanamh, am bheil thu ri goid?

22 Thusa a deir gun adhaltrannas a dheanamh, am bheil thu deanamh adhaltrannais? thusa le'n gràin òdh-ola<sup>r</sup>, am bheil thu ri nacmh-ghoid?

23 Thusa a ta deanamh uail as an lagh, an tabhair thu, le briseadh an lagha, easurram do Dhia?

24 Oir a ta ainm Dhé a' faòtainn toibheim d'ar taobhsa am measg nan Cinneach, mar a ta e sgrìobhta.

25 Oir a ta tairbhe gu fìrinneach anns an timchioll-ghearradh, ma

<sup>m</sup> tasgaidh. <sup>n</sup> air an saoradh, air an glanadh o chionta. <sup>o</sup> a' gabhail. <sup>r</sup> dealbhan. <sup>p</sup> fear-sedlaidh.

ghleidheas tu an lagh : ach ma's fear-brisidh an lagha thu, tha do thimchioll-ghearradh na neo-thimchioll-ghearradh dhuit.

26 Uime sin, ma ghleidheas an neo-thimchioll-ghearradh<sup>s</sup> fìreantachd an lagha, nach measar a neo-thimchioll-ghearradhsan mar thimchioll-ghearradh?

27 Agus nach dìt an neo-thimchioll-ghearradh thaobh nàduir, a ta a' coimhlionadh an lagha, thusa a tha tre'n litir agus tre'n timchioll-ghearradh a'd' fhear-brisidh an lagha?

28 Oir cha'n Iudhach esan, a tha mar sin o'n leth muigh; agus cha'n e sin an timchioll-ghearradh, a tha gu follaiseach san fheoil.

29 Ach is Iudhach esan, a tha mar sin san taobh a stigh<sup>t</sup>; agus is e sin an timchioll-ghearradh a tha sa' chridhe, agus san spiorad, cha'n ann san litir, aig am bheil a chliu cha'n ann o dhaoibh, ach o Dhia.

## C A I B. III.

1 Sochair nan Iudhach; 3 nach do chaill iad : 9 gidheadh a ta an lagh 'gam fàgail shìos mar an ceudna thaobh peacaidh. 20 Uime sin cha 'n'eil seoil air bith air an saoradh tre'n lagh, 28 ach a ta na h-uile air an saoradh trid creidimh a mhàin, 31 gidheadh cha 'n'eil an lagh air a chur gu neo-brìgh.

**C**IOD e uime sin barrachd an Iudhaich? no ciod e tairbhe an timchioll-ghearraidh?

2 Is mòr sin air gach dòigh: air tùs, do bhrìgh gur ann riu-san a dh'earbadh briathra<sup>u</sup> Dhé.

3 Oir ciod e sin ge nach do chreid cuid? an dean am mi-chreidimhsan fìrinn Dhé gun éifeachd?

4 Nar leigeadh Dia: ach biodh Dia fìor, agus gach duine 'na bhreug-oire; a réir mar a ta e scrìobhta, Chum gu bi thu ceart ann do bhriathraibh, agus gu'n tabhair thu buaidh 'nuair a bheirear breth ort.

5 Ach ma mholas ar n-eucoirne fìreantachd Dhé, ciod a deir sinn? am bheil Dia eucorach a tha dean-

amh dioghaltais? (labhrám mar dhuine.)

6 Nar leigeadh Dia: no cionnus a bheir Dia breth air an t-saoghal?

7 Oir ma ta fìrinn Dhé tre m' bhréigse air a meudachadh chum a ghloiresan; c'ar son a ta mise air mo dhiteadh mar pheacach?

8 Agus c'ar son nach dean sinn olc, chum gu'n d'thig maith as? (mar a labhrar gu toibheumach umainne, agus mar a deir cuid gu bheil sinn agràdh) *muinntir* a tha an dìteadh a réir ceartais.

9 Ciod uime sin? am bheil barrachd againne? cha 'n'eil air aon chor: oir dhearbha sinn roimhe gu bheil araon na h-Iudhaich agus na Cinnich uile fuidh pheacadh;

10 Mar a ta e scrìobhta, Cha 'n'eil ionracan ann, cha 'n'eil fiu a h-aon:

11 Cha 'n'eil neach ann a thuigear, cha 'n'eil neach ann a tha 'g iarraidh Dhé.

12 Chlaon iad uile as an t-slighe, tha iad uile mi-tharbhach, cha 'n'eil neach a tha deanamh maith, cha 'n'eil fiu a h-aon.

13 Is uaigh f'hosgailte an scòrnach; labhair iad cealg le'n teangaibh; tha nimh nan nathracha nimhe fuidh 'm bilibh:

14 Aig am bheil am beul làn do mhallachadh agus do sheirbhe.

15 Tha an cosa luath a dhòrtadh fola.

16 Tha léir-sgrìos agus truaighe 'nan slighibh:

17 Agus slighe na sìth cha b'aithne dhoibh.

18 Cha 'n'eil eagal Dé fa comhair an sùl.

19 A nis tha fhios againn ge b'e nithe 'ta'n lagh a' labhairt, gur ann riu-san a ta fuidh 'n lagh a tha e 'gan labhairt: chum gu druidear gach uile bheul, agus gu'm bi an saoghal uile buailteach do dhiteadh Dhé<sup>a</sup>.

20 Uime sin cha bhi feòil air bith air a fìreanachadh<sup>b</sup>, 'na fhianuis-san, tre oibribh an lagha: oir is ann tre an lagh a ta eòlas peacaidh.

21 Ach a nis tha fìreantachd Dhé

<sup>s</sup> esan a tha neo-thimchioll-ghearrta. <sup>t</sup> san ionad fholaichte. <sup>u</sup> oracla.

<sup>a</sup> ciontach am fianuis Dé. <sup>b</sup> saoradh, glanadh.



air a foillseachadh as eugmhais an lagha, a' faotainn fianuis o'n lagh agus o na fàidhibh;

22 Eadhon fireantachd Dhé tre chreidimh Iosa Crìosd, do na h-uile, agus air na h-uile a chreideas; oir cha 'n'eil eadar-dhealachadh ann:

23 Oir pheacaich na h-uile, agus tha iad air teachd gearr<sup>c</sup> air glòir Dhé;

24 Air dhoibh bhi air am fireanachadh gu saor le a ghràs, tre an t-saorsa a ta ann an Iosa Crìosd:

25 Neach a shònaich Dia 'na ìobairt-réitich, trid creidimh 'na fhuil, chum fireantachd fhoillseachadh le maithanas nam peacadh a chaidh seachad, tre fhad-fhulangas Dé;

26 A dh'fhoillseachadh, *deiream*, fhìreantachdsan san àm a ta làthair; chum gu'm biodh e cothromach, agus gu'm fireanachaidh e an ti a chreideas ann an Iosa.

27 C'àit uime sin *am bheil* uail? Dhruideadh a mach i. Ciod e an lagh *leis an do dhruideadh a mach i?* an e lagh nan oibre? Ni h-e; ach tre lagh a' chreidimh.

28 Tha sinn uime sin a' meas gu bheil duine air fhìreanachadh tre chreidimh as eugmhais oibre an lagha.

29 An e Dia nan Iudhach a mhàin e? Nach e mar an ceudna Dia nan Cinneach? Gu deimhin nan Cinneach mar an ceudna:

30 Do bhrìgh gur aon Dia, a dh'fhìreanaicheas<sup>d</sup> an timchioll-ghearradh o chreidimh, agus an neo-thimchioll-ghearradh tre chreidimh.

31 Am bheil sinn uime sin a' cur an lagha an neo-brìgh tre'n chreidimh? Nar leigeadh Dia: ach a ta sinne a' neartachadh<sup>e</sup> an lagha.

#### C A I B. IV.

1 Mheasadh creidimh Abraham dha mar fhìreantachd; 10 mun do thimchioll-ghearradh e. 15 Tre chreidimh a mhàin shealbhaich e fèin agus a shliochd an gealladh. 16 Is e Abraham athair nan uile dhaoine a ta creidsinn. 24 Bilh-

*idh ar creidimhne mar an ceudna air a mheas duinn mar fhìreantachd.*

C IOD ma ta a deir sinn a fhuair ar n-athair Abraham a réir na feòla?

2 Oir ma dh'fhìreanaicheadh Abraham le oibribh, tha aobhar uail aige, ach cha'n ann a thaobh Dhé.

3 Oir ciod a deir an scriobtuir? Chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin da mar fhìreantachd.

4 A nis do'n ti a ni obair cha'n ann mar ghean-maith<sup>f</sup> a mheasar an tuarasdail, ach mar fhiachaibh.

5 Ach do'n ti nach dean obair, ach a ta creidsinn anns an ti a dh'fhìreanaicheas an duine midhiadhaidh, measar a chreidimh mar fhìreantachd.

6 Amhuil mar a ta Daibhidh a' cur an cèill beannachadh an duine sin d'am meas Dia fìreantachd as eugmhais oibre, ag ràdh,

7 Is beannuichte iadsan a fhuair maithanas 'nan euceirtibh, agus aig am bheil am peacaidh air am folach.

8 Is beannuichte an ti nach cuir an Tighearn peacadh as a leth.

9 Am bheil ma ta am beannachadh so teachd air an timchioll-ghearradh a mhàin, no mar an ceudna air an neo-thimchioll-ghearradh? Oir deireamaid gu'n do mheasadh creidimh do Abraham mar fhìreantachd.

10 Cionnas ma ta a mheasadh dha e? An ann an uair a bha e san timchioll-ghearradh, no san neo-thimchioll-ghearradh? Cha'n ann san timchioll-ghearradh, ach san neo-thimchioll-ghearradh.

11 Agus fhuair e comhar an timchioll-ghearraidh, seula fireantachd a' chreidimh a bha aige san neo-thimchioll-ghearradh, chum gu'm biodh e 'na athair acasan uile a ta creidsinn san neo-thimchioll-ghearradh, chum gu measfadh fireantachd dhoibhsan mar an ceudna:

12 Agus 'na athair an timchioll-ghearraidh dhoibhsan a ta ni a mhàin do'n timchioll-ghearradh, ach mar an ceudna a ta 'g imeachd ann an

<sup>c</sup> fa dheireadh, a dheidh-laimh.

<sup>e</sup> a' daingneachadh.

<sup>d</sup> a shaoras, a ghairmeas glan.

<sup>f</sup> mar fhàbhor.

ceumaibh a' chreidimh sin ar n-Athar Abrahaim, a bha aige san neothimchioll-ghearradh.

13 Oir cha b'ann tre'n lagh a thugadh an gealladh do Abraham no d'a shìol, Gu'm biodh e 'na oighre air an t-saoghal, ach tre fhìreantachd a' chreidimh.

14 Oir ma ta iadsan a bhuineas do'n lagh 'nan oighreachaibh, tha creidimh air a dheanamh dìomhain, agus an gealladh gun bhrìgh :

15 A chionn gu bheil an lagh ag oibreachadh feirge : oir far nach 'eil lagh, cha'n 'eil an sin briseadh lagha.

16 Uime sin is ann o chreidimh a ta 'n oighreachd, ionnas gu'm biodh i tre ghràs : chum gu'm biodh an gealladh daingean do'n t-sìol uile, ni h-ann a mhàin dhoibhsan a bhuineas do'n lagh, ach mar an ceudna dhiobhsan a bhuineas do chreidimh Abrahaim, neach is e ar n-athairne uile,

17 (A réir mar a ta e scrìobhta, Dh'orduich mi thu a'd'athair mhòrain chinneach) 'na làthairse anns an do chreid e, eadhon Dia, a ta beothachadh nam marbh, agus a ta gairm nan nithe sin nach 'eil idir ann mar gu'm biodh iad ann :

18 Neach an aghaidh dòchais a chreid an dòchas, chum gu'm biodh e na athair mhòrain chinneach ; a réir mar a dubhradh, Mar so bithidh do shliochd.

19 Agus air dha gun bhi anmhunn an creidimh, cha do chuir e an suim gu robh a chorp féin a nis marbh, air dha bhi timchioll ceud bliadhna dh'aois, no mairbhe bronn Shara.

20 Agus cha do chuir e an amharus gealladh Dhé le mi-chreidimh ; ach bha e làidir an creidimh, a' tabhairt glòire do Dhia :

21 Agus bha làn-deimhin aige, an ti a thug an gealladh, gur comasach esan air a choimhlionadh.

22 Agus uime sin mheasadh so dhasan mar fhìreantachd.

23 A nis cha b'ann air a shonsan a mhàin a scrìobhadh, gu'n do mheasadh so dha ;

24 Ach air ar soinne mar an ceudna, d'am measar e, ma chreideas sinn annsan a thog suas Iosa ar Tighearn o na marbhaibh,

25 A thugadh thairis air son ar ciontaidh, agus a thogadh suas a ris air son ar fireanachaidh.

## C A I B. V.

1 Air dhuinn bhi air ar saoradh o chionta peacaidh tre chreidimh, tha sìth againn maille ri Dia, agus gairdeachas an dòchas : 8 am feadh gu'n d' fhuair sinn réite tre fhuil Chrìosd, 'nuair bu naimhde sinn, is mòr is mò na sin a shaorar sinn a nis air dhuinn an réite fhaotainn. 12 Mar a thainig peacadh agus bàs tre Adhamh, is mòr is mò na sin a tha fìreantachd agus beatha tre Iosa Crìosd. 20 Far an robh peacadh mòr thug gràsa barrachd.

UIME sin air dhuinne bhi air ar fireanachadh<sup>8</sup> tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia, trìd ar Tighearn Iosa Crìosd.

2 Tre'm bheil againn mar an ceudna slighe tre chreidimh chum a' ghràis so anns am bheil sinn 'nar seasamh, agus a ta sinn a' deanamh gairdeachais an dòchas<sup>h</sup> gloire Dhé.

3 Agus cha'n e so a mhàin, ach a ta sinn mar an ceudna a' deanamh uail ann an trioblaidibh, do bhrìgh gu bheil fios againn gu'n oibrich trioblaidi foighidin ;

4 Agus foighidin, dearbhadh<sup>l</sup> ; agus dearbhadh, dòchas :

5 Agus cha nàraich an dòchas, do bhrìgh gu bheil gràdh Dhé air a dhòrtadh a mach ann ar cridheach- aibh, tre'n Spiorad naomh a thugadh dhuinne.

6 Oir air dhuinne bhi fathast gun neart, an àm iomchuidh bhàsaich Crìosd air son nan daoine neo-dhiadh- aith.

7 Oir<sup>m</sup> is gann a dh'fhuilingeas duine bàs air son duine chothromaich ; ach theagamh gu'm biodh aig neach eigin do mhisnich eadhon bàs fhulang air son duine mhaith.

8 Ach a ta Dia a' moladh a ghràidh

<sup>8</sup> saoradh, glanadh o chionta. <sup>h</sup> earbsa, dùil. <sup>i</sup> àmhgar. <sup>l</sup> fìdreachadh, fein-fhiosrachadh. <sup>m</sup> A nis.



féin duinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fathast 'nar peacachaibh gu'n d'fhuilg Criosd bàs air ar son.

9 Is mòr is mò uime sin, air dhuinn a nis bhì air ar fireanachadh tre fhuil, a shaorar<sup>n</sup> trìdsan o fheirg sinn.

10 Oir ma 'se air bhì dhuinn 'nar naimhde, gu'n d'rinneadh réidh ri Dia sinn tre bhàs a Mhìc; is mòr is mò air dhuinn bhì air ar deanamh réidh, a shaorar tre a bheatha sinn.

11 Agus nì h-e mhàin sin, ach a ta sinn a' deanamh gairdeachais an Dia, trìd ar Tighearna Iosa Criosd, trìd an d'fhuair sinn a nis an réite.

12 Uime sin mar a thainig peacadh a steach do'n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre'n pheacadh; mar sin mar an ceudna thainig bàs air na h-uile dhaoineibh, do bhrìgh gu'n do pheacaich iad uile.

13 Oir gus an lagh, bha peacadh anns an t-saoghal: ach cha chuirear peacadh a leth dhaoine far nach 'eil lagh.

14 Gidheadh, rìoghaich am peacadh o Adhamh gu Maois, eadhon air an dream nach do pheacaich a réir coslais easumhlachd Adhaimh, neach is e samhhladh<sup>o</sup> an tì ud a bha ri teachd:

15 Ach cha'n ann mar a' choire, a tha'n saor thiodhlac. Oir ma fhuair mòran bàs tre choire aoin, is mòr is mò na sin a tha gràs Dhé, agus an tiodhlac tre ghràs a ta trìd aon duine, Iosa Criosd, pailte do mhòran.

16 Agus nì h-ann mar tre aon duine a pheacaich<sup>p</sup>, mar sin a tha'n tabhartas: oir bha am breitheanas tre aon choire, chum dìtidh: ach a ta'n saor thabhartas o mhòran chiontaibh chum fireanachaidh.

17 Oir ma's e is tre choire aon duine, gu'n do rìoghaich am bàs tre h-aon, is mòr is mò na sin a rìoghaicheas iadsan, a gheibh pailteas gràis, agus tabhartais na fireantachd, ann am beatha tre aon, eadhon Iosa Criosd.

18 Uime sin mar trìd aon chionta<sup>r</sup> a thainig breitheanas air na h-uile

dhaoineibh chum dìtidh, is amhuil sin mar an ceudna trìd aon fhìreantachd<sup>s</sup>, thainig an saor thiodhlac air na h-uile dhaoineibh chum fireanachaidh na beatha.

19 Oir mar trìd eas-umhlachd aon duine a rinneadh mòran 'nam peacachaibh, is amhuil sin trìd ùmhlachd aon duine a nithear mòran 'nam fireanaibh.

20 Ach thainig an lagh a steach, chum gu meudaichte a' choire: ach far an do mheudaicheadh am peacadh, bu ro-mhò a mheudaicheadh gràs.

21 Chum as mar a rìoghaich am peacadh chum bàis, mar sin gu'n rìoghaicheadh gràs tre fhìreantachd chum na beatha maireannaich, trìd Iosa Criosd ar Tighearn.

## C A I B. VI.

1 Cha'n fheud sinn ar beatha a chaith-eadh am peacadh; oir a ta sinn marbh dha mar tha'm baisteadh a' dearbhadh. 12 Na biodh rìoghachd aig a' pheacadh nì's mò, 18 do bhrìgh gu'n d'thug sinn sinn féin thairis do sheirbhis na fireantachd, 23 agus a chionn gur e am bàs tuarasdal a' pheacaidh.

**C** IOD ma ta a deir sinn? Am buanaich sinn am peacadh, chum gu meudaichear gràs?

2 Nar-leigeadh Dia: cionnas a dh'fheudas sinne a ta marbh do'n pheacadh, ar beatha a chaitheadh nì's faide ann?

3 Nach 'eil fhios agaibh, a mheud againn is a bhaisteadh ann an Iosa Criosd, gu'n do bhaisteadh chum a bhàis sinn?

4 Air an aobhar sin dh'adhlaicheadh sinn maraon ris tre'n bhaisteadh chum bàis: ionnas mar a thogadh Criosd suas o na marbhaibh le glòir<sup>t</sup> an Athar, mar sin gu gluaiseamaidne mar an ceudna ann an nuadhachd beatha.

5 Oir ma chaidh ar suidheachadh maraon ann an coslas a bhàis, bithidh sinn mar an ceudna air ar suidheachadh ann an coslas aiseirigh.

<sup>n</sup> thearnar, shabhalar. <sup>o</sup> samhlauchas, comh-choslas, dealbh. <sup>p</sup> tre aon pheacadh. <sup>r</sup> trìd chionta aon duine. <sup>s</sup> trìd fhìreantachd aoin. <sup>t</sup> cumhachd.

6 Air fhios so a bhi againn, gu bheil ar seann duine air a cheusadh maraon ris, ionnas gu'm biodh corp a pheacaidh air a sgrios, chum a so suas nach deanamaid seirbhis do'n pheacadh.

7 Oir an ti a fhuair bàs, rinneadh saor e o'n pheacadh.

8 A nis ma fhuair sinn bàs maraon ri Criosd, tha sinn a' creidsinn gu'm bi sinn beo maille ris mar an ceudna:

9 Air dhuinn fios a bhi againn air do Chrìosd éirigh o na marbhaibh, nach bàsaich e nì's mò; cha 'n'eil tighearnas aig a' bhàs nì's mò air.

10 Oir a mheud gu'n d'fhuair e bàs, is ann do'n pheacadh a fhuair e bàs aon uair a mhàin: ach a mheud gu bheil e beo, is ann do Dhia a ta e beo.

11 Mar sin mar an ceudna meas-aibhse gu bheil sibh féin gu deimhin marbh do'n pheacadh, ach beo do Dhia trid Iosa Chrìosd ar Tighearna.

12 Air an aobhar sin na rioghaicheadh am peacadh ann bhur corp bàsmhor, air chor as gu'n d'thugadh sibh ùmhlachd dha 'na anamhiannaibh.

13 Agus na tugaibh bhur buill 'nan armaibh eucorach do'n pheacadh; ach thugaibh sibh féin do Dhia, mar dhroing a ta beo o na marbhaibh, agus bhur buill 'nan armaibh fireantachd do Dhia.

14 Oir cha bhi aig a' pheacadh tighearnas oirbh: oir cha 'n'eil sibh fuidh 'n lagh, ach fuidh ghràs.

15 Ciod uime sin? am peacaich sinn, do bhrìgh nach 'eil sinn fuidh 'n lagh, ach fuidh ghràs? Nar leigeadh Dia.

16 Nach 'eil fhios agaibh, an ti d'an toir sibh sibh féin mar sheirbhisich chum ùmhlachd, gur seirbhisich sibh do'n ti d'an dean sibh ùmhlachd; ma's ann do'n pheacadh chum bàis, no do ùmhlachd chum fireantachd.

17 Ach buidheachas do Dhia, an déigh dhuibh a bhi 'nar seirbhisich do'n pheacadh, gu'n d'thug sibh o bhur cridhe ùmhlachd do'n chumadh teagaisg sin d'an d'thugadh sibh thairis<sup>u</sup>.

18 Air dhuibh ma ta bhi air bhur deanamh saor o'n pheacadh, rinn sibh seirbhis do'n fhìreantachd.

19 Tha mi labhairt mar dhuine, air son annhuinneachd bhur feòla-sa: oir mar a thug sibh bhur buill mar sheirbhisich do neo-ghloine, agus do euceart chum euceirt, amhuil sin a nis thugaibh bhur buill mar sheirbhisich do'n fhìreantachd, chum naomhachd.

20 Oir an uair a bha sibh 'nar seirbhisich do'n pheacadh, bha sibh saor o'n fhìreantachd.

21 Air an aobhar sin ciod an toradh a bha agaibh an sin anns na nithibh sin, a ta nis a' cur nàire oirbh? oir is e crìoch nan nithe sin am bàs.

22 Ach a nis air dhuibh bhi saor o'n pheacadh, agus 'nar seirbhisich do Dhia, tha bhur toradh agaibh chum naomhachd, agus a' chrìoch a' bheatha mhaireannach.

23 Oir is e tuarasdail a' pheacaidh am bàs: ach is e saor thiodhlacadh<sup>a</sup> Dhé a' bheatha mhaireannach, trid Iosa Chrìosd ar Tighearna.

## C A I B. VII.

1 Chà 'n'eil aig an lagh cumhachd os ceann duine nì's faide na's beo e.

4 Ach tha sinn marbh do'n lagh.

7 Gidheadh cha 'n'eil an lagh 'na pheacadh, 12 Ach naomha, ceart, agus maith, &c.

**N**ACH 'eil fhios agaibh, a bhràithre, (oir is ann rìusan d'an aithne an lagh a ta mi labhairt) gu bheil tighearnas aig an lagh air duine, am fad is beo e?

2 Oir a' bhean a ta pòsda ri fear, tha i ceangailte leis an lagh r'a fear am fad is beo e: ach ma gheibh a fear bàs, tha i fuasgailte o lagh a fir.

5 Uime sin am feadh is beo a fear, ma phòsar i ri fear eile, goirear ban-adhaltranach dhith: ach ma gheibh a fear bàs, tha i saor o'n lagh sin, air chor as nach ban-adhaltranach i, ge do robh i aig fear eile.

4 Air an aobhar sin, mo bhràithre, tha sibhse mar an ceudna marbh do'n lagh tre chorp Chrìosd; ionnas gu'm

<sup>u</sup> ris an do chomh-chumadh sibh, a thugadh dhuibh.

<sup>a</sup> ghibht.



blodh sibh pòsda ri fear eile, *eadhon* ris-san a thogadh o na marbhaibh, chum gu'n tugamaid toradh a mach do Dhia.

5 Oir an uair a bha sinn san fheòil, bha miannan nam peacadh, tre'n lagh, ag oibreachadh ann ar ballaibh, chum toradh a thoirt a mach gu bàs.

6 Ach a nis tha sinn air ar deanamh saor o'n lagh, air dha sin a bhi marbh leis 'na chumadh sinn; chum gu'n deanamaid seirbhis ann an nuadhachd spioraid, agus ni *h-ann* an seanachd na litreach.

7 Ciod uime sin a deir sinn? am bheil an lagh 'na pheacadh? Nar leigeadh Dia. Ni h-eadh, cha b'aithne dhomh peacadh, ach tre'n lagh: oir cha bhiodh eòlas agam air sannt, mur abradh an lagh. Na sanntuich <sup>c</sup>.

8 Ach air do'n pheacadh fàth d a ghlacadh, tre'n àithne dh'oibrich e annam gach uile ghnè an-tograidh: oir as eugmhais an lagha *bha'm* peacadh marbh.

9 Oir bha mise beo as eugmhais an lagha uair-eigin: ach air teachd do'n àithne, dh'ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs.

10 Agus an àithne a *dh'orduicheadh* chum beatha, fhuaradh dhomhsa chum bàis i.

11 Oir air do'n pheacadh fàth a ghlacadh, tre'n àithne mheall e mi, agus le sin mharbh e mi.

12 Air an aobhar sin *tha'n* lagh naomha; agus *a ta'n* àithne naomha, agus cothromach, agus maith.

13 Uime sin an d'rinneadh an ni sin a bha maith, 'na bhàs domhsa? Nar leigeadh Dia. Ach am peacadh, chum gu faicte<sup>c</sup> gur peacadh e, ag oibreachadh bàis annamsa, leis an ni sin a ta maith; chum tre'n àithne gu'm fàsadh am peacadh ro pheacach.

14 Oir a ta fhios againne gu bheil an lagh spioradail: ach a ta mise feòlbhor, air mo reiceadh fuidh'n pheacadh.

15 Oir an ni a ta mi deanamh, cha taitneach leam e: oir an ni a b'àill leam, cha'n e a dheanam; ach an ni

a's fuathach leam, is e sin a ta mise a' deanamh.

16 Uime sin ma ta mi deanamh an ni nach b'àill leam, tha mi 'g aontachadh leis an lagh, gu bheil e maith.

17 A nis ma ta chia mhise ni's mò a tha deanamh so, ach am peacadh a tha gabhail còmhnuidh annam.

18 Oir a ta fhios agam, annamsa (sin ri ràdh, ann am fheòil) nach 'eil maith sam bith a' gabhail còmhnuidh: oir tha'n toil a làthair maille rium, ach *dèigh sam bith* chum maith a dheanamh ni faigheam.

19 Oir ni'n deanam am maith bu mhiann leam: ach an t-olc nach b'àill leam, is e sin a ta mi a' deanamh.

20 A nis ma ta mi a' deanamh an ni nach b'àill leam, cha mhise ni's mò a ta deanamh so, ach am peacadh a tha gabhail còmhnuidh annam.

21 Uime sin tha mi faotainn lagha, 'n uair a b'àill leam am maith a dheanamh, gu bheil an t-olc a làthair agam.

22 Oir a ta tlachd agam an lagh Dhé, a réir an duine an taobh a stigh.

23 Ach tha mi faicinn lagha eile a'm' bhallaibh a' cogadh an aghaidh lagha m'inntinn, agus ga m' thabhairt am bruid do lagh a' pheacaidh, a ta ann am bhallaibh.

24 Och is duine truagh mi! cò a shaoras mi o chorp a' bhàis so?

25 Tha mi toirt buidheachais do Dhia<sup>f</sup>, trid Iosa Crìosd ar Tighearna. Uime sin, tha mise féin leis an inntinn a' deanamh seirbhis do lagh Dhé, ach leis an fheòil do lagh a' pheacaidh.

### C A I B. VIII.

1 *Tha iadsan a ta ann an Crìosd, agus a' caitheadh am beatha réir an Spioraid, saor o dhìteadh.* 5 Ciod an cron a thig o'n fheòil, 14 agus ciod am maith a thig o'n Spiorad; 17 agus ciod e a bhi 'nar cloinn do Dhia; 19 droing aig am bheil, roimh na h-uile nìthe, déidh air an saorsa. &c.

AIR an aobhar sin cha 'n'eil a nis dìteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Crìosd, a tha

b air dhuinn bàsachadh san ni.

c leigte ris.

c miannuich.

d cothrom.

f Ghràs Dhé.

gluasad<sup>f</sup> ni h-ann a réir na feòla, ach a réir an Spioraid.

2 Oir shaor lagh Spioraid na beatha, ann an Iosa Criosd, mise o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis.

3 Oir an nì nach robh an comas do'n lagh a dheanamh, do bhrìgh gu robh e anmhunn tre'n fheòil, ag cur a' Mhic féin do Dhia an coslas feòla pèacaich, agus 'na ìobairt air son peacaidh, dhìt e am peacadh san fheòil:

4 Chum gu'm biodh fireantachd an lagha air a coimhlionadh annainne, a tha gluasad cha'n ann a réir na feòla, ach a réir an Spioraid.

5 Oir an dream a ta a réir na feòla, tha an aire air na nithibh sin a bhuineas do'n fheòil; ach an dream a ta a a réir an Spioraid, air na nithibh sin a bhuineas do'n Spiorad.

6 Oir an inntinn fheòlmhor is bàs i; ach an inntinn spioradail is beatha agus sìothchaint i:

7 Do bhrìgh gur naimhdeas an inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé; oir cha 'n eil i ùmhail do lagh Dhé, is cha mhò a tha'n comas d'i bhi.

8 Uime sin cha'n urrainn iadsan a tha san fheòil Dia a thoileachadh.

9 Ach cha 'n eil sibhse san fheòil, ach san Spiorad, ma tha Spiorad Dhé a' gabhail còmhnuidh annaibh. An nis mar 'eil Spiorad Chriosd aig neach, cha bhuin e dha.

10 Agus ma tha Criosd annaibh, tha'n corp marbh gu deimhin a thaobh peacaidh; ach is beatha an spiorad a thaobh<sup>g</sup> fireantachd.

11 Ach ma tha Spiorad an ti a thog Iosa o na marbhaibh, a' gabhail còmhnuidh annaibh, an ti a thog Criosd o na marbhaibh, beothaichidh e mar an ceudna bhur cuirp bhàsmhorsa, tre a Spioradsan a ta còmhnuidh annaibh.

12 Uime sin, a bhràithre, tha sinn fa fhiachaibh, cha'n ann do'n fheòil, chum ar beatha a chaitheadh a réir na feòla.

13 Oir ma chaitheas sibh bhur beatha a réir na feòla, gheibh sibh bàs: ach ma mharbhas sibh tre'n

Spiorad gnìomhara na colla, bithidh sibh beo.

14 Oir a mheud 's a ta air an treòrachadh le Spiorad Dhé, is iad mic Dhé.

15 Oir cha d'fhuair sibh Spiorad na daorsa a rìs chum eagail; ach fhuair sibh Spiorad na h-uchd-mhacachd, tre an glaoth<sup>h</sup> sinn, Abba, Athair.

16 Tha an Spiorad féin a' deanamh fianuis maraon r'ar spioradne, gur sinn clann Dhé.

17 Agus ma's clann, is oighreachan; oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criosd: ma 'se 's gu'm fuiling sinn maille ris, chum gu glòraichear maraon ris sinn mar an ceudna.

18 Oir measam, nach fiu fulangais na h-aimsir a ta làthair an coimhneas ris a' ghloir a dh'fhoillsichear annainn.

19 Oir a ta dùil dhùr chdach a' chruthachaidh i a' feitheamh ri foillsachadh cloinne Dhé.

20 Oir chuireadh an cruthachadh fuidh dhìomhanas, cha'n ann le thoil, ach trìdsan a chuir fuidh hìomhanas e;

21 An dòchas gu'n saorar an cruthachadh féin fòs o dhaorsa na truaillidheachd, gu saorsa glòrmhor cloinne Dhé.

22 Oir a ta fhìos againne gu bheil an cruthachadh uile<sup>l</sup> g'osnaich, agus am péin gu léir, mar mhaol ri saothair, gus an àm so:

23 Agus cha'n e so a mhàin, ach sinn féin mar an ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, tha eadhon sinne ag osnaich annainn féin, a' feitheamh ris an uchd-mhacachd, eadhon saorsa ar cuirp.

24 Oir is ann le dòchas a shaorar sinn: ach dòchas a chithear, cha dòchas e: oir c'ar son a bhios dòchas aig duine ris an nì a ta e faicinn?

25 Ach ma ta dòchas<sup>m</sup> againn ris an nì nach 'eil sinn a' faicinn, feithidh sinn gu foighidneach ris.

26 Tha an Spiorad féin mar an ceudna a' deanamh còmhnaidh le'r

<sup>f</sup> a' siubhal, ag imeachd. <sup>g</sup> trèid, air sgàth. <sup>h</sup> éigh, gairm. <sup>i</sup> a' chreutair.

<sup>l</sup> gach uile chreutair. <sup>m</sup> suil.



n-anmhuinneachd : oir cha 'n aithne dhuinn ciod a ghuidheamaid mar bu chòir dhuinn : ach a ta an Spiorad féin a' deanamh eadar-ghuidhe<sup>n</sup> air ar son le osnaibh do-labhairt.

27 Agus is aithne dhasan a ta rannsachadh nan cridheachan ciod i inntinn an Spioraid, do bhrìgh gu bheil e a' deanamh eadar-ghuidhe air son nan naomh a réir *toil* Dé.

28 Agus a ta fhios againn gu'n comh-oibrich na h-uile nithe chum maith, do'n dream aig am bheil gràdh do Dhia, *eadhon* dhoibhsan a ghairmeadh a réir a rùin.

29 Oir an dream a roimh-aithnich e, roimh-orduich e iad mar an ceudna *chum bhi* comh-chosmuil ri dealbh a Mhic, chum gu'm biodh esan 'na cheud-ghin am measg mòrain bhràithre.

30 Agus an dream a roimh-orduich e, ghairm e iad mar an ceudna : agus an dream a ghairm e, dh'fhìreanaich e mar an ceudna : agus an dream a dh'fhìreanaich e, ghlòraich e mar an ceudna.

31 Ciod uime sin a deir sinn ris na nithibh sin ? Ma ta Dia leinn, cò *dh'fheudas bhi* 'nar n-aghaidh ?

32 An ti nach do chaomhain a Mhac féin, ach a thug thairis e air ar soin-ne uile, cionnus maille ris-san nach tabhair e mar an ceudna dhuinn gu saor na h-uile nithe ?

33 Cò chuireas coire sam bith a leth daoine taghta Dhé ? 'Se Dia a dh'fhìreanaicheas<sup>o</sup>.

34 Cò a dhìteas ? 'Se Crìosd a fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a dh'éirich a ris, agus a ta air deas làimh Dhé, neach a ta mar an ceudna a' deanamh eadar-ghuidhe air ar soinne.

35 Cò sgaras<sup>p</sup> sinn o ghràdh Chrìosd ? an dean trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomnochduigh, no cunnart, no claidheamh ?

36 (A réir mar a ta e sgrìobhta, Air do shonsa mharbhadh sinn rè an là ; mheasadh sinn mar chaoraich chum marbhaidh.)

37 Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sin a' toirt tuilleadh agus buaidh, tridsan a ghràdhaich sinn.

38 Oir a ta dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd,

39 No àirde, no doimhne, no creut-air sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a ta ann an Iosa Crìosd ar Tighearn.

### C A I B. IX.

1 *Tha Pòl doilich air son nan Iudhach.* 7 *Cha b'iad sliochd Abrahaim uile clann a' gheallaidh.* 18 *Tha Dia a' deanamh tròcair air an droing a's toil leis.* 21 *Feudaidh an cumadair an nà a's toil leis a dheanamh ris a'chriadh.* 25 *Tha gairm nan Cinneach, agus cur-air-cùl nan Iudhach air an roimh-innseadh. &c.*

**A** DEIREAM an fhìrinn ann an Crìosd, nior dheanam breug, (air bhi do m' choguis a' deanamh fianuis domh san Spìrad naomh.)

2 Gu bheil doilgheas mòr orm, agus cràdh air mo chridhe an còmh-nuidh.

3 Oir ghuidhinn mi féin a bhi dealaichte<sup>r</sup> o Chrìosd, air son mo bhràithre, mo luchd-dàimh a thaobh na feòla :

4 A ta 'nan Israelich ; d'am buin an uchd-mhacachd agus a' ghlòir, agus na coimhcheangail, agus tabhairt an lagha, agus seirbhis Dé, agus na geallanna ;

5 D'am buin na h-aithriche, agus o'm bheil Crìosd a thaobh na feòla, neach is e Dia os ceann nan uile, beannuichte gu sìorruidh. Amen.

6 Cha'n e gu bheil focal Dé gun éifeachd. Oir cha'n Israelich iadsan uile a ta o Israel :

7 Agus ni mò do bhrìgh gur sliochd do Abraham iad, a ta iad uile 'nan cloinn : ach ann an Isaac ainmichear do shìol.

8 Is e sin ri ràdh, Cha'n iad clann na feòla clann Dhé : is iad clann a gheallaidh a mheasar mar shìol.

<sup>n</sup> guidhe.

<sup>o</sup> a shaoras, a ghairmeas glan o chionta.

<sup>p</sup> dhealaicheas.

<sup>r</sup> malluichte.

9 Oir is e so focal a' gheallaidh, A réir an àm so<sup>s</sup> thig mi, agus bithidh mac aig Sara.

10 Agus cha'n e mhàin so, ach Rebeca mar an ceudna 'nuair a thoirrceadh i o aon, eadhon Isaac ar n-athairne.

11 (Oir mun do rugadh na naoidh-cana, agus mun d'riann iad maith no olc, chum gu'm biodh rùn Dé a réir an taghaidh seasmhach, cha'n ann o oibribh, ach o'n ti a ghairmeas.)

12 A dubhradh rithe, Ni an neach a's seine seirbhis do'n neach a's òige.

13 A réir mar a ta e sgrìobhta, Ghràdhach mi Iacob, ach dh'fhuath-aich mi Esau.

14 Ciod a deir sinn ma ta? *am bheil* eucoir maille ri Dia? Nar leig-eadh Dia.

15 Oir a deir e ri Maois, Ni mi tròcair, air an neach air an dean mi tròcair, agus gabhaidh mi truas do'n neach d'an gabh mi truas.

16 Uime sin cha'n ann o'n ti leis an àill, no o'n ti a ruitheas, ach o Dhia a ni tròcair.

17 Oir a deir an sgrìobtuir ri Pharaoh, Is ann chum na crìche so féin a thog mi suas thu, chum gu'm foillsichinn mo chumhachd annad, agus chum gu'm biodh m'ainm iomraideach air feadh na taimhainn uile.

18 Uime sin ni e tròcair air an ti a's àill leis, agus an ti a's àill leis cruaidhichidh se.

19 A deir tu ma ta rium, C'ar son a ta e ma seadh a' faghail croin? oir cò a chuir an aghaidh a thoile?

20 Ni h-eadh ach, O a dhuine, cò thusa a ta tagradh an aghaidh Dhé? An abair an ni a chumadh ris an ti a chum e, C'ar son a rinn thu mi mar so?

21 Nach 'eil cumhachd aig a' chriadh-fhear<sup>t</sup> air a' chriadh, ionnas gu'n deanadh e do'n aon mheall aon soitheach chum onoir, agus soitheach eile chum eas-onoir.

22 Ciod ma's e, air bhi do Dhia toileach fhearg a nochdadh, agus a

chumhachd a dheanamh aithnichte, gu'n d'fhuiling<sup>u</sup> e le mòr fhad-fhulangas soithiche na feirge air an ulluchadh chum sgrios:

23 Agus chum gu'n deanadh e aithnichte saibhreas a ghloire air soithichibh na tròcair, a dh'ulluich e roimh-làimh chum gloire?

24 Eadhon sinne a ghairm e, cha'n e mhàin do na h-Iudhachaibh, ach mar an ceudna do na Cinneachaibh.

25 Mar a deir e mar an ceudna ann an Osee, Goiridh mi mo phobull diubhsan nach robh 'nam pobull domh; agus *bean* ghràdhach dh'ise, nach robh gràdhach.

26 Agus tarlaidh, anns an ionad san dubhradh riu, Cha sibh mo phobullsa, an sin gu'n goirear Clann an Dé bheo dhiubh.

27 Tha Esaia mar an ceudna ag éigheach mu thimchioll Israeil, Ge do tha àireamh chloinn Israeil mar ghaineamh na fairge, is fuigheall a thearnar.

28 Oir crìochnaichidh e an obair, agus gearraidh e goirid i an ceartas<sup>a</sup>: do bhrìgh gu'n dean an Tighearn obair ghoirid air an talamh.

29 Agus mar a thubhairt Esaia mar roimhe, Mur fàgadh Tighearn nan sluagh siol againne, dheantadh sinn mar Shodom, agus bhitheamaid cosmhuil ri Gomorra.

30 Ciod a deir sinn ma seadh? Gu'n d'ràinig na Cinnich, nach robh a' leantuinn fireantachd, air fireantachd, eadhon an fhìreantachd a ta o chreidimh:

31 Ach cha do ràinig Israel, a bha leantuinn lagha na fireantachd, air lagh na fireantachd.

32 C'ar son? A chionn nach ainm o chreidimh, ach mar gu'm b'ann o oibribh an lagha a dh'iarr iad i: oir thuislich iad air a' chloich-thuislidh sin;

33 Mar a ta e sgrìobhta, Feuch, cuiream ann an Sion clach-thuislidh, agus carruig oilbheim: agus gach neach a chreideas annsan, cha chuirear gu nàire e.

<sup>s</sup> Air an àm so. <sup>t</sup> fear deanamh shoithiche creadha. <sup>u</sup> gu'n do ghiùlain.  
<sup>a</sup> fireantachd.



## C A I B. X.

5 *Tha an scribeuir a' nochdadh an eadar-dhealachaidh a ta eadar fìreantachd an lagha, agus a' chreidimh; 11 agus nach cuirear a h-aon do na h-Iudhaich, no do na Cinnich sin uile a chreideas, fuidh amhludh; 18 agus gu'n gabh na Cinnich ris an fhocal, agus gu'n creid iad. 19 Cha robh Israel aineolach air na nithibh sin.*

**A** BHRAITHRE, is e dùrachd b mo chridhe, agus m'ùrnuigh ri Dia air son Israeil, gu'm biodh iad air an tearnadh.

2 Oir a ta mi deanamh fianuis doibh, gu bheil eud<sup>c</sup> aca thaobh Dhé, ach cha'n ann a réir eòlais.

3 Oir air dhoibh bhi aineolach air fìreantachd Dhé, agus ag iarraidh am fìreantachd féin a chur air chois, cha do strìochd iad do fhìreantachd Dhé.

4 Oir is e Crìosd crìoch an lagha, chum fìreantachd do gach neach a chreideas.

5 Oir a ta Maois a' cur an céill na fìreantachd a ta o'n lagh, eadhon an duine a ni na nithe sin, gu'm bi e beo leo.

6 Ach mar so deir an fhìreantachd a ta o chreidimh, Na abair ann do chridhe, Cò théid suas air nèamh? (sin r'a ràdh, a thoirt Chrìosd anuas;)

7 No, Cò a théid sìos do'n doimhne? (sin r'a ràdh, a thoirt Chrìosd a ris air ais o na marbhaibh.)

8 Ach ciod a deir i? Tha 'm focal am fagus duit, ann do bheul, agus ann do chridhe: 'se sin focal a' chreidimh a tha sinne a' searmonachadh,

9 Ma dh'aidicheas tu le d' bheul an Tighearn Iosa, agus ma chreideas tu ann do chridhe, gu'n do thog Dia o na marbhaibh e, gu'n saorar thu.

10 Oir is ann leis a' chridhe a chreidear chum fìreantachd, agus leis a' bheul a dh'aidichear chum slàinte.

11 Oir a deir ann scribeuir, Ge b'e neach a chreideas annsan, cha nàraichear e.

12 Oir cha 'n'eil eadar-dhealachadh eadar an t-Iudhach agus an Greugach:

oir an t-aon Tighearn a ta os cionn nan uile, tha e saibhir do na h-uile a ghairmeas air.

13 Oir ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, tearnar e.

14 Ach cionnus a ghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad? agus cionnus a chreideas iad anns an ti air nach cual iad iomradh? agus cionnus a chluinneas iad gun searmonuiche?

15 Agus cionnus a ni iad searmoin, mur cuirear iad? mar a ta e scribeubhta, Cia sgiàmhach cosa na muinntir sin a ta searmonachadh soisgeil<sup>e</sup> na sìth, a ta toirt sgéil aoibhneich air nithibh maith e!

16 Ach cha robh iad uile ùmhal do'n t-soisgeul. Oir a deir Esaias, A Thighearn, cò a chreid ar n-aithris-nef?

17 Uime sin, is ann o éisdeachd a thig creidimh, agus éisdeachd tre fhocal Dé.

18 Ach a deiream, Nach cual iad? Chuala gu deimhin, chaidh fuaim air feadh gach tìre a mach, agus am briathra gu iomallaibh an domhain.

19 Ach a deiream, Nach robh fios aig Israel? Air tùs, a deir Maois, Cuiridh mi eud oirbh le Cinneach nach 'eil 'nan Cinneach, agus le Cinneach neo-thuigseach cuiridh mi fearg oirbh.

20 Ach a ta Esaias ro dhàna, agus a deir e, Fhuaradh mi leo-san nach d'iarr mi; dh'fhoillsicheadh mi dhoibhsan nach d'fhiosraich air mo shon.

21 Ach ri Israel a deir e, Shìn mi mach mo làmhan rè an là gu h-iomlan ri pobull eas-ùmhail agus a labhras a'm' aghaidh.

## C A I B. XI.

1 *Cha do thilg Dia Israel uile uaith. 7 Thaghadh cuid, ge do chruaidhicheadh a' chuid eile. 16 Tha dòchas mu'n alh-philleadh. 18 Cha'n fheadh na Cinnich uaill-thàir a dheanamh orra; 26 oir tha gealladh gu'n slànuichear iad. 35 Tha breitheanais Dé do-rannsachaidh.*

**A** DEIREAM ma seadh, An do thilg Dia a phobull uaith?

Nar leigeadh Dia. Oir is Israeleach mise féin mar an ceudna, do shliochd Abrahaim, do thréibh Bheniamin.

2 Cha do thilg Dia uaith a phobull a roimh-aithnich e. Nach 'eil fhios agaibh ciod e a deir an scríobtuir mu Elias? cionnus a ta e a' deanamh eadar-ghuidhe<sup>s</sup> ri Dia an aghaidh Israeil, ag ràdh,

3 A Thighearn, mharbh iad t'fhàidhean, agus leag iad sìos t'altairean; agus dh'fhàgadh mise a'm' aonar, agus tha iad ag iarraidh m'an-ama.

4 Ach ciod a deir freagradh Dé ris, Dh'fhàg mi dhomh féin seachd mìle fear, nach do lùb an glùn do dhealbh Bhaail.

5 Agus mar sin mar an ceudna tha san àm so a làthair fuigheall a réir taghaidh a' ghràis.

6 Agus ma's ann tre ghràs, cha'n ann o oibribh ni's mò: Ach ma's ann o oibribh, cha'n ann o ghràs a sin suas: no cha'n obair a sin suas obair.

7 Ciod ma seadh? An ni sin a ta Israel ag iarraidh, cha do ràinig e air; ach ràinig an taghadh air, agus chaidh a' chuid eile a dhalladh:

8 Mar a ta e scrìobhta, Thug Dia dhoibh spiorad na suaine, sìùle chum nach faiceadh iad, agus cluasa chum nach cluinneadh iad, gus an là an-diugh.

9 Agus a deir Daibhidh, Biodh am bord mar ribe, agus mar inneal-glacaidh, agus mar cheap-tuislidh, agus mar dhiol-thuarasdal dhoibh.

10 Biodh an sùilean air an dorchachadh, chum nach faic iad; agus crom-sa an druim an còmhnuidh.

11 A deiream uime sin, An do thuislich iad ionnas gu'n tuiteadh iad? Nar leigeadh Dia: ach tre an tuiteamsan tha slàinte air teachd chum nan Cinneach, chum iadsan a bhrosnachadh gu h-eud.

12 Ma's e an tuiteamsan saibhreas an domhain, agus an lughdachadh saibhreas nan Cinneach; cia's mò na sin a bhitheas an lànachd?

13 Oir is ann ribhse a labhram, a Chinneacha; do bhrìgh gur mi ab-

stol nan Cinneach, tha mi toirt urrainn do m' dhreuchd h:

14 Ma dh'fheudas mi air chor sam bith mo choimh-fheòil a bhrosnachadh gu h-eud, agus gu'n tearuinn mi dream àraidh dhiubh.

15 Oir ma's e'n tilgeadhsan air falbh réiteachadh an domhain; ciod e an ath-ghabhail, ach beatha o na marbhaibh?

16 Oir ma ta an ceud-thoradh naomha, tha am meall naomha mar an ceudna: agus ma ta an fhreumh naomha, tha na geuga mar sin mar an ceudna.

17 Agus ma ta cuid do na geugaibh air am briseadh dheth, agus gu bheil thusa, a bha a'd' chrann-ola fiadhaich, air do shuidheachadh 'nam measg, agus maille riu a' faotainn comb-pairt do fhrèimh agus do reamhrachd a' chroinn-ola;

18 Na dean uailh an aghaidh nan geug: ach ma ni thu uailh 'nan aghaidh, cha tusa a dh'iomchaireas an fhreumh, ach an fhreumh thusa.

19 A deir tu uime sin, Bhriseadh dheth na geuga, chum gu suidhichte mise 'nan àit.

20 Ro mhaith; air son am mi-chreidimh bhriseadh iadsan dheth, agus a ta thusa a' seasamh tre chreidimh. Na bi àrd-inntinneach, ach fa eagal.

21 Oir mur do chaomhain Dia na geuga nàdurra, biodh eagal ort nach caomhain e thusa mar an ceudna.

22 Feuch uime sin maitheas agus geur cheartas Dé: geur cheartas d'an taobhsan a thuit; ach do d' thaobhsa, maitheas, ma bhuaicheas tu 'na mhaitheas; agus mur buanaich, gearrar dheth thusa mar an ceudna.

23 Agus suidhichear iadsan mar an ceudna, mur buanaich iad 'nam mi-chreidimh: oir a ta Dia comasach air an suidheachadh a ris.

24 Oir ma ghearradh thusa as a' chrann-ola a bha fiadhaich a thaobh nàdur, agus gu'n do shuidhicheadh ann an deadh chrann-ola thu an aghaidh nàdur; cia mòr is mò na sin a shuidhichear na geuga nàdurra. 'nan crann-ola féin?



25 Oir cha b'àill leam, a bhràithre, sibhse bhi aineolach air an rùn-diomh-air so (chum nach biodh sibh glic 'nar barail féin) gu'n do tharladh doille ann an cuid do Israel, gus an d'thig iomlanachd nan Cinneach a steach.

26 Agus mar sin bithidh Israel uile air an slànuchadh: mar a ta e scrìobhta, Thig am Fear-saoraidh o Shìon, agus tionndadhaidh e mi-dhiadhachd o Iacob.

27 Oir is e so mo chomh-cheangal riu, 'nuair a bheir mi air falbh am peacanna.

28 Thaobh an t-soisgeil, is naimhdean iad air bhur sonsa: ach a thaobh an taghaidh, tha iad gràdhaichte air son nan aithriche.

29 Oir a ta tiodhlacan agus gairm Dhé gun aithreachas.

30 Oir mar a bha sibhse roimhe so eas-ùmhail do Dhia, ach a nis a fhuair sibh tròcair trid am mi-chreidimhsan:

31 Amhuil sin a ta iadsan san àm so eas-ùmhail, chum trid bhur tròcairse gu 'm faigh iad tròcair mar an ceudna.

32 Oir dhruid Dia iad uile ann am mi-chreidimh<sup>1</sup>, chum tròcair a dheanamh air na h-uile.

33 O doimhne saibhris araon gliocais agus eòlais Dé! Cia do-rann-sachaidh a bhreitheanais, agus dolorgachaidh a shlighean!

34 Oir cò aig an robh fios inntinn an Tighearna, no cò bu chomhairleach dha?

35 No cò thug dha air tùs, agus a làn-diòlar a ris dha e?

36 Oir is ann uaithesan agus trid-san, agus air a shonsan a ta na h-uile nithe: dhasan gu robh glòir gu sìorruidh. Amen.

### C A I B. XII.

- 1 Is còir do thròcair Dhé sinne aomadh gu Dia a thoileachadh; 3 Cha chòir do dhuine sam bith meas tuilleadh 's maith bhi aige dheth féin: 6 ach is còir do gach aon feithcamh air an dreuchd sin, a dh'earb-

adh ris. 9 Tha gràdh, agus mòran do dhleasdanas eile air an iarrraidh uainn. 19 Tha dioghaltas gu sonraichte air a thoirmeasg dhuinn.

AIR an aobhar sin guidheam oirbh, a bhràithre, tre thròcairibh Dhé, bhur cuirp a thabhairt 'nam beo-iobairt, naomha, thaitnich do Dhia, ni a's e bhur seirbhis<sup>m</sup> reusonta.

2 Agus na bithibh air bhur cumadh ris an t-saoghal so: ach bithibh air bhur cruth-atharrachadh tre athnuadhachadh bhur n-inntinn, chuin gu'n dearbh sibh ciod i toil mhaith, thaitneach, agus dhiongmhalta sin Dhé.

3 Oir a deiream trid a' ghràis a thugadh dhomhsa, ris gach neach 'nar measg, gun smuaineachadh uime féin ni's àirde na 's còir dha smuaineachadh; ach smuaineachadh am measarrachd<sup>n</sup>, a réir mar a roinn Dia ris gach neach tomhas a' chreidimh.

4 Oir mar a ta mòran bhall againn ann an aon chorp, agus nach e'n t-aon ghnìomh<sup>o</sup> a th'aig gach ball:

5 Amhuil sin ge do tha sinne 'nar mòran, is aon chorp ann an Crìosd sinn, agus is buill sinn gach aon fa leth d'a chéile.

6 Uime sin air bhi do thiodhlac-aibh againn, eadar-dhealaichte<sup>p</sup> a réir a' ghràis a thugadh dhuinn, ma's fàidheadaireachd, deanamaid fàidheadaireachd a réir tomhais a' chreidimh:

7 No ma 's frithealadh, thugamaid aire d'ar frithealadh; no an ti a theagaisgeas, thugadh e aire d'a theagasg;

8 No an ti a bheir earail<sup>r</sup>, thugadh e aire d'a earail: an ti a roinneas an déirc, roinneadh e i an treibh-dhir-eachd<sup>s</sup>; an ti a riaghas, deanadh se e maille ri dùrachd; an ti a ni tròcair, deanadh se e gu suilbhir.

9 Biodh bhur gràdh gun cheilg. Biodh gràin agaibh do'n olc, lean-aibh gu dlùth ris an ni a tha maith.

10 Bithibh teo-chridheach d'a chéile le gràdh bràthaireil, ann an

<sup>1</sup> cha do chreid iadsan. <sup>l</sup> casumhlachd. <sup>m</sup> aoradh. <sup>n</sup> stuaim.

<sup>o</sup> obair, oifig. <sup>p</sup> eagsamhuil. <sup>r</sup> comhairle. <sup>s</sup> con-shillteachd.

urram a toirt toisich gach aon d'a chéile:

11 Gun bhi leasg ann an gnoth-uichibh: dùrachdach<sup>t</sup> 'nar spiorad; a' deanamh seirbhis do'n Tigh-earn:

12 A' dear-amh gairdeachais an dòchas: foighidneach an trioblaid; maireannach ann an ùrnuigh:

13 A' comh-roinn ri uireasbhuidh nan naomh; a' gnàthachadh aoidh-eachd.

14 Beannuichibh an dream a ta deanamh geur-leanmhuinn oirbh: beannuichibh, agus na mallaichibh.

15 Deanaibh gairdeachas maille rìusan a ta ri gairdeachas, agus caoidh maille rìusan a ta ri caoidh.

16 Bithibh a dh'aon rùn<sup>u</sup> d'a chéile. Na biodh bhur cion air nithibh àrd<sup>a</sup>, ach cuiribh sibh féin an comh-inbhe riu-san a ta ìosal. Na bithibh glic 'nar barail féin.

17 Na ìocaibh olc air son uile do dhuine sam bith. Ulluichibh nithe ciatfach am fianuis nan uile dhaoine.

18 Ma dh'fheudas e bhi, mheud 's a ta e'n comas duibh, bithibh an sìth ris na h-uile dhaoineibh.

19 A chàirde gràdhach, na dean-aibh dioghaltas air bhur son féin, ach thugaibh àit do'n fheirg: oir a ta e scriobhta, Is leamsa an dioghaltas; ìocaidh mi, deir an Tighearn.

20 Uime sin ma bhios do nàmhaid ocrach, thoir biadh dha; ma bhios e tartmhor<sup>b</sup>, thoir deoch dha: oir le so a dheanamh càrnaidh tu eibhle teine air a cheann.

21 Na d'thugadh an t-olc buaidh ort, ach beir-sa buaidh air an olc leis a' mhaith.

### C A I B. XIII.

1 Umhlachd, agus dleasdanas eile a's còir dhuinn chur an gnìomh do uachdaranaibh. 8 'Se gràdh coimhlionadh an lagha. 11 Tha gedcair-eachd, agus misg, agus oibre an dorchadais ro neo-chubhaidh do àm an t-soisgeil.

**B**IODH gach anam<sup>c</sup> ùmhal do na h-àrd chumhachdaibh. Oir

cha 'n'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachdan a ta ann, is ann le Diad a dh'orduicheadh iad.

2 Air an aobhar sin ge b'e air bith a chuireas an aghaidh a' chumhachd, tha e cur an aghaidh orduigh Dhé: agus iadsan a chuireas 'na aghaidh, gheibh iad breitheanas<sup>e</sup> dhoibh féin.

3 Oir cha 'n'eil uachdarain 'nan aobhar eagail do dheadh oibribh, ach do dhroch oibribh. Uime sin am miann leat bhi gun eagal an uachdarain ort? dean am maith, agus gheibh thu cliu uaith.

4 Oir is esan seirbhiseach Dhé chum maith dhuit. Ach ma ni thu an t-olc, biodh eagal ort; oir cha'n ann gu dìomhain a tha e giùlan a' chhlaidheimh: oir is e seirbhiseach Dhé e, 'na dhioghaltair feirge air an ti a ni olc.

5 Uime sin is éigin bhi ùmhal, ni h-ann a mhàin air son feirge, ach mar an ceudna air son coguis.

6 Oir air an aobhar so tha sibh mar an ceudna a' toirt cìs dhoibh: oir is iad seirbhisich Dhé iad, a sìor-fheitheamh air an ni so féin.

7 Air an aobhar sin thugaibh do gach neach an dlighe féin: càin dhasan d'an dlighear càin, cìs dhasan d'an dlighear cìs, eagal dhasan d'an dlighear eagal, agus urram dhasan d'an dlighear urram.

8 Na biodh fiacha sam bith aig aon neach oirbh, ach a mhàin a chéile a ghràdhachadh: oir an ti aig am bheil gràdh do neach eile, choimhlion e an lagh.

9 Oir an ni so, Na dean adhal-tramas, Na dean mortadh, Na goid, Na dean fianuis bhréige, Na sanntaich, agus ma ta àithne sam bith eile ann, tha i air a cur sìos gu h-aithghearr fuidh 'n fhocal so, Gràdhach do choimhearsnach mar thu féin.

10 Cha dean gràdh lochd do choimhearsnach: air an aobhar sin is e an gràdh coimhlionadh an lagha.

11 Agus so, air dhuibh fios na h-aimsir a bhi agaibh, gur mithich dhuinn a nis mosgladh o chodal: oir

<sup>t</sup> beothail, faobharach. <sup>u</sup> inntinn. toil. <sup>a</sup> Na bithibh àrd-inntinneach.

<sup>b</sup> iotmhor. <sup>c</sup> gach neach. <sup>d</sup> fuidh Dhia. <sup>e</sup> dìteadh.



a ta ar slàinte nis nì's faisge na 'nuair a chreid sinn.

12 Tha cuid mhòr do'n oidhche air dol tharuing, tha an là am fagus : uime sin cuireamaid dhinn oibre an dorchadais, agus cuireamaid umainn armachd f an t-soluis.

13 Gluaiseamaid gu cubhaidh mar anns an là; cha'n ann an ruidhteir-eachd<sup>g</sup> agus am misg, no an seom-radaireachd agus am macnus, no an aisith agus am farmad.

14 Ach cuiribh umaibh an Tighearn Iosa Criosd, agus na deanaibh ulluchadh air son na feòla, chum a h-anamhianna a choimhlionadh.

#### C A I B. XIV.

1 *Cha'n fheud daoine tàir a dheanamh, no chéile a dhiteadh air son nithe coimhdheis: 15 ach bhi faicill-each gun oilbheum a thoirt leo; 15 oir a ta an t-absdol a' dearbhadh gu bheil sin mì-cheadaichte, le iomadh reuson.*

**G**ABHAIBH ris an neach a ta anmhunn<sup>h</sup> sa' chreidimh, ach ni h-ann chum deasboireachd amhar-usach.

2 Oir a ta h-aon a' creidsinn gu'm feud e na h-uile nithe itheadh: ach a ta esan a ta anmhunn ag itheadh luibheanna.

3 Na deanadh esan a ta 'g itheadh, tàir airsan nach 'eil ag itheadh; agus na tugadh esan nach 'eil ag itheadh, breth air an ti a dh'itheas: oir ghabh Dia ris.

4 Cò thusa a ta toirt breth air seirbhiseach duin' eile? d'a mhaighstir féin seasaidh, no tuitidh e: seadh, cumar suas e; oir is comasach Dia air a chumail 'na sheasamh.

5 Tha meas aig neach air lài thar là: agus tha meas aig neach eile air gach là *mar a chéile*. Biodh làn-dearbhadh aig gach duine 'na inntinn féin.

6 An ti aig am bheil suim do'n là, is ann do'n Tighearn a tha suim aige *dha*; agus an ti aig nach 'eil suim do'n là, is ann do'n Tighearn nach 'eil suim aige *dha*. An ti a ta 'g ith-

eadh, is ann do'n Tighearn a tha e 'g itheadh, oir tha e toirt buidheshais do Dhia; agus an ti nach 'eil ag itheadh, is ann do'n Tighearn nach ith e, agus bheir e buidheachas do Dhia.

7 Oir cha 'n'eil a h-aon againn beo dha féin, agus cha 'n'eil a h-aon againn a' bàsachadh dha féin.

8 Oir ma's beo annuinn, is ann do'n Tighearn a tha sinn beo: agus ma's bàs duinn, is ann do'n Tighearn a tha sinn a' bàsachadh: uime sin ma's beatha no bàs dhuinn, is leis an Tighearn sinn.

9 Oir is ann chum so a fhuair Criosd bàs, agus a dh'éirich e, agus a tha e beo a ris, chum gu'm biodh e 'na Thighearn air na beothaibh agus air na marbhaibh.

10 Ach c'ar son a ta thusa a' toirt breth air do bhràthair? no c'ar son a ta thusa a' deanamh tarcuais air do bhràthair? oir seasaidh sinn gu léir am fianuis caithir-breitheanais Chriosd.

11 Oir a ta e scrìobhta, *Mar is beo mise, a deir an Tighearn, lùbaidh gach glùn domhsa, agus aidichidh gach teanga do Dhia.*

12 Air an aobhar sin bheir gach aon againn cunntas uime féin do Dhia.

13 Uime sin na tugamaid breth air a chéile nì's mò: ach gu ma fearr libh a' bhreth so thoirt, gun aobhar-tuiteam no oilbheim a thoirt do bhràthair.

14 Oir a ta fhios agam, agus is dearbh leam anns an Tighearn Iosa, nach 'eil nì sam bith neo-ghlan dheth féin: ach do'n ti a mheasas nì sam bith neo-ghlan, dhasan a ta e neo-ghlan.

15 Ach ma bhios doilgheas air do bhràthair air son bìdh, a nis cha 'n'eil thu a' gluasad a réir a' ghràidh. Na sgrios<sup>l</sup> le d' bhiadh esan air son an d'fhuiling Criosd bàs.

16 Air an aobhar sin na labhrar olc mu bhur<sup>m</sup> maith.

17 Oir cha bhiadh agus deoch rioghachd Dhé, ach fìreantachd, agus

f éididh. g anabharr. h lag. i suim aig neach do là. l cuir am  
mugha. m ar.

sìth, agus aoibhneas san Spiorad naomh.

18 Oir ge b'e ni seirbhis do Chrìosd anns na nithibh so, tha e taitneach do Dhia, agus tha e dearbhta do dhaoibh.

19 Uime sin leanamaid na nithe a bhios chum sìth<sup>n</sup>, agus na nithe a bhios chum togail suas a chèile.

20 Na sgrios obair Dhé air son bìdh. Gu deimhin tha na h-uile nithe glan; ach is olc do'n duine sin a dh'itheas le h-oilbheum.

21 Is maith an ni gun fheòil itheadh, no fion òl, no *ni air bìth a dheanamh* leis am faigh do bhràthair tuisleadh no oilbheum, no leis an deanar lag e.

22 Am bheil creidimh agad? Biodh e agad dhuit féin am fianuis Dé: Is beannuichte an duine sin nach dìt e féin anns an ni sin a mheasas e ceaduichte.

23 Ach esan a ni eadar-dhealachadh<sup>o</sup> tha e air a dhìteadh ma dh'itheas e, a chionn nach ann o chreidimh a tha e 'g itheadh: oir gach ni nach 'eil o chreidimh, is peacadh e.

## C A I B. XV.

1 Is còir dhoibhsan a tha làidir giùlan leosan a ta anmhuinn. 2 Cha'n fheud sinn sinn féin a thoileachadh, 3 oir cha d'rinn Crìosd sin, 7 ach gabhail r'a chèile, mar a rinn Crìosd ruinn uile, 9 araon ris na h-Iudhach-aibh agus ris na Cinneachaibh, &c.

**U**IME sin is còir dhuinne a ta làidir, giùlan le anmhuinn-eachd na muinntir sin a ta lag, agus gun sinn féin a thoileachadh.

2 Toilicheadh gach aon againn a choimhearsnach g'a mhaith chum a thogail suas.

3 Oir cha do thoilich eadhon Crìosd e féin; ach a réir mar a ta e scribedh, Thuit toibheum<sup>p</sup> na muinntir sin a thug toibheum dhuit ormsa.

4 Oir ge b' iad nithe air bith a scriobhadh roimhe so, is ann chum ar teagaisgne a scriobhadh iad; chum

trìd foighidin agus comh-fhurtachd nan scriobtuir gu'm biodh dòchas<sup>r</sup> againne.

5 A nis gu tugadh Dia na foighidin agus na comh-fhurtachd dhuibhse bhi dh'aon inntinn a thaobh a chèile, a réir Iosa Crìosd:

6 Chum gu'm feud sibh a dh'aon inntin agus le aon bheul glòir a thoirt do Dhia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Crìosd.

7 Uime sin gabhaibhse r'a chèile, eadhon mar a ghabh Crìosd ruinne, chum glòire Dhé.

8 A nis a deirim, Gu robh Iosa Crìosd 'na mhinisteir an timchioll-ghearraidh air son firinn Dè, chum geallanna nan aithriche a dhaingneachadh:

9 Agus chum gu'n tugadh na Cinnich glòir do Dhia air son a thròcair; a réir mar a ta e scribedh, Air an aobhar so aidicheam thu<sup>s</sup> am measg nan Cinneach, agus seinnidh mi ceòl do d' ainm.

10 Agus a ris a deir e, Deanaibh gairdeachas, a Chinneacha, maille r'a phobullsan.

11 Agus a ris, Molaibh an Tighearna, a Chinneacha uile, agus thugaibh cliu dha, a shlòigh uile.

12 Agus a ris deir Esaias, Bithidh freumh Iese ann, agus an ti a dh'éireas suas chum uachdaranachd bhi aige air na Cinneachaibh, annsan cuiridh na Cinnich an dòchas.

13 A nis gu'n lìonadh Dia an dòchais sibhse do'n uile aoibhneas agus shiothchaint ann an creidsinn, chum gu'm bi sibh pailt ann an dòchas, tre chumhachd an Spioraid naoimh.

14 Agus a ta cinnt agamsa féin d'ar taobhsa, mo bhràithre, gu bheil sibhse làn do mhaithneas, air bhur lìonadh leis an uile eòlas, agus comasach mar an ceudna air a chèile a chomhairleachadh<sup>t</sup>.

15 Gidheadh, a bhràithre, scriobh mi d'ar ionnsuidh leis an tuilleadh d'anadais, an càil-eigin, mar gu cuirinn an cuimhne sibh, air son a' ghràis a thugadh dhomhsa o Dhia,

<sup>n</sup> a stiùras chum sìochaint. <sup>o</sup> a ta fuidh amharus. <sup>p</sup> masladh. <sup>r</sup> duil, earbsa. <sup>s</sup> aidicheam dhuit, bheiream cliu dhuit. <sup>t</sup> theagasg.



16 Ionnas gu'm bithinn a'm' mhinisteir aig Iosa Criosd do na Cinneachaibh, a' frithealadh soisgeil Dé, chum gu'm biodh tabhartas<sup>u</sup> nan Cinneach taitneach, air a naomhachadh leis an Spiorad naomh.

17 Uime sin tha aobhar uaill agam trid Iosa Criosd, anns na nithibh sin a bhuineas do Dhia.

18 Oir cha bhli dànachd agam labhairt air a' bheag do na nithibh sin, nach d'oibrich Criosd leam, chum na Cinnich a dheanamh ùmhal am focal agus an gnìomh.

19 Le cumhachd chomharan agus mhiorbhuilean<sup>a</sup>, le cumhachd Spioraid Dé; ionnas o Hierusalem agus mu'n cuairt gu Illiricum, gu'n do làn-shearmonaich mi soisgeul Chrìosd.

20 Seadh, mar sin bha ro-dhéidh agam air an t-soisgeul a shearmonachadh, cha'n ann san ionad san robh Criosd air ainmeachadh, chum nach togainn m'obair air bunait neach eile:

21 Ach a réir mar a ta e scriobhta, Chi iadsan ris nach do labhradh uime: agus tuigidh iadsan, nach cuala.

22 Uime sin mar an ceudna chuireadh gu minic bacadh orm o theachd d'ar ionnsuidhse.

23 Ach a nis do bhrìgh nach 'eil agam ionad nì's mò anns na crìochaibh so, agus gu bheil mòr thegradh agam o cheann mòrain bhliadhnaibh teachd d'ar ionnsuidhse;

24 Ge b'e uair a thriallas mi do'n Spàinn, thig mi d'ar ionnsuidhse; oir tha dùil agam sibhse fhaicinn san dol seachad, agus bhì air mo thoirt air m'aghaidh libhse chum an ionaid sin, ma bhios mi air tùs an càil-eigin air mo lìonadh le'r comhludarsa.

25 Ach a nis tha mi dol gu Hierusalem, a' frithealadh do na naomhaibh.

26 Oir bu toil leo-san ann am Macedonia, agus ann an Achaia, comh-rionn àraidh a dheanamh ris na naomhaibh bochda ta ann an Ierusalem.

27 Bu toil leo gu deimhin, agus tha iad fa fhiachaibh dhoibh. Oir ma rinneadh na Cinnich 'nan luchd

comhpairt d'an nithibh spioradailsan, is còir dhoibh ministreileachd a dheanamh dhoibhsan sna nithibh a bhuineas do'n choluinn b.

28 Uime sin air dhomh so a chrìochnachadh, agus an uair a sheulaicheas mi an toradh so dhoibh, gabhaidh mi d'ar taobhsa<sup>c</sup> do'n Spàinn.

29 Agus a ta fhios agam, air dhomh teachd d'ar ionnsuidhse, gu'n d'thig mi ann an lànachd beannachaidh soisgeil Chrìosd.

30 A nis guidheam oirbh, a bhràithre, air sgàth an Tighearna Iosa Criosd, agus air son gràidh an Spioraid, gu'n dean sibh gleachd<sup>d</sup> maraon riumsa ann an ùrnuighibh air mo shon ri Dia;

31 Chum gu saorar mi uatha-san nach 'eil a' creidsinn ann an Iudea; agus chum gu'm bi mo sheirbhis air son<sup>e</sup> Ierusalem, taitneach do na naomhaibh:

32 Chum's gu'n d'thig mi d'ar ionnsuidhse le h-aoibhneas tre thoil Dé, agus gu faigh mi suaimhneas maille ribh.

33 A nis gu robh Dia na sìth maille ribh uile. Amen.

## C A I B. XVI.

3 Tha Pòl a' toirt orduigh do na bràithribh fàilte chur air mòran; 17 agus a' comhairleachadh dhoibh aire a thoirt do'n mhuinntir a ta togail connsaich agus a' toirt oilbheim: 21 agus an déigh iomadh beannachd a' crìochnachadh le breith buidheachais do Dhia.

**E**ARBAM ribh<sup>f</sup> Phebe ar piuthar, a ta 'na searbhanta do'n eaglais a tha ann an Cenchrea:

2 Chum's gu'n gabh sibh rithe anns an Tighearn, mar is cubhaidh do naomhaibh, agus gu'n dean sibh còmhnaidh rithe anns gach gnòthuch anns am bi feum aice oirbh: oir rinn i féin còmhnaidh ri mòran, agus riumsa mar an ceudna.

3 Cuiribh fàilte air Priscilla agus Acuala ma chomh-oibrichean ann an Iosa Criosd:

4 (Muintir a leag sìos am muin-

<sup>u</sup> ofrail, òbairt. <sup>a</sup> Le comharaibh agus mìorbhuilich treun. <sup>b</sup> fèidmhor.  
<sup>c</sup> bhuir ròd-sa. <sup>d</sup> spairm. <sup>e</sup> thaobh. <sup>f</sup> Molam dhuibh.

eal féin air son m'anamasa: d'am bheil a' toirt buidheachais cha'n e mhàin mise, ach mar an ceudna eaglaisean nan Cinneach uile.)

5 Mar an ceudna cuiribh fàilte air an eaglais a tha 'nan tighsan. Cuiribh fàilte air Epenetus a's ionmhuinn leamsa, neach is e ceud thoradh Achai-a<sup>8</sup> do Chrìosd.

6 Cuiribh fàilte air Muire, a rinn saothair mhòr air ar soinne<sup>h</sup>.

7 Cuiribh fàilte air Andronicus agus Iunias mo luchd-dàimh agus mo chomh-phrìosunaich, a tha cliuiteach ann measg nan abstol, agus a bha ann an Chrìosd romhamsa.

8 Cuiribh fàilte air Amplias a's ionmhuinn leamsa san Tighearn.

9 Cuiribh fàilte air Urbanus ar comh-oibriche ann an Chrìosd, agus air Stachis fear mo ghràidhse.

10 Cuiribh fàilte air Apelles a tha dearbhla ann an Chrìosd. Cuiribh fàilte orrasan a tha do theaghlach Aristobàluis.

11 Cuiribh fàilte air Herodion mo charaid. Cuiribh fàilte orrasan do theaghlach Narcisuis, a tha san Tighearn.

12 Cuiribh fàilte air Triphena agus Triphòsa, mnàir a tha saothreachadh san Tighearn. Cuiribh fàilte air Persis a's ionmhuinn leam, bean a shaothraich gu mòr anns an Tighearn.

13 Cuiribh fàilte air Rufus a tha taghta san Tighearn, agus air a mhàthair agus mo mhàthairse.

14 Cuiribh fàilte air Asinercitus, Phlegon, Hermas, Patrobas, Hermes, agus na bràithribh a tha maille riu.

15 Cuiribh fàilte air Philologus, agus Iulia, Nereus, agus a phiuthar, agus Olimpas, agus na naoimh uile a tha maille riu.

16 Cuiribh fàilte air a chéile le pòig naomha. Tha eaglaisean Chrìod i a' cur fàilte oirbh.

17 A nis guidheam oirbh, a bhràith-

re, combaraichibh iadsan a tha togail roinnean<sup>l</sup> agus a' toirt oibbheim, an aghaidh an teugaig a dh'fhòghluim sibh; agus seachnaibh iad.

18 Oir cha 'n eil an leithide so a' deanamh seirbhis d'ar Tighearn Iosa Chrìosd, ach d'am broinn féin; agus a ta iad le briathraibh mìlse agus le mìodal a' mealladh cridheacha na muinntir sin nach 'eil olc<sup>m</sup>.

19 Oir a ta bhur n-ùmhlaichda<sup>n</sup> air teachd chum nan uile dhaoine. Uime sin a ta mise a' deanamh gairdeachais d'ar taobhsa: gidheadh b'àill leam sibhse bhì glic chum a' mhaith, ach aon-fhillte thaobh an uilc.

20 Agus bruthaidh Dia na sìoth-chaint Satan f'ar cosaibh gu h-aithghearr. Gràsa<sup>o</sup> ar Tighearna Iosa Chrìosd gu robh maille ribh. Amen.

21 Tha Timoteus mo chomh-oibriche cur fàilte oirbh, agus Lucius agus Iason agus Sosipater, mo luchd-dàimhe.

22 Tha mise Tertius, a sgrìobh an litir so, a' cur fàilte oirbh san Tighearn.

23 Tha Gaius, a tha toirt aoidheachd dhomhsa agus do'n eaglais uile, a' cur fàilte oirbh. Tha Erastus stiùbhard a' bhaile a' cur fàilte oirbh, agus Cuartus bràthair.

24 Gràsa ar Tighearna Iosa Chrìosd gu robh maille ribh uile. Amen.

25 A nis dhasan a tha comasach air sibhse a dhaingneachadh a réir mo shoisgeilse, agus searmonachaidh Iosa Chrìosd, (a réir foillseachaidh an rùindiomhair, a bha'm folach o thoiseach an domhain,

26 Ach a dh'fhoillsicheadh a nis, agus tre scriobtuiribh nam fàidh a réir àithne an Dé bhith-bhuain, a tha air a dheanamh aithnichte do na h-uile chinneachaibh chum ùmhlaichd a' chreidimh.)

27 Do Dhia a tha mhàin glic, gu robh glòir trid Iosa Chrìosd gu sìorruidh. Amen.

<sup>8</sup> Asia. <sup>h</sup> air bhur sonsa. <sup>i</sup> eaglaisean Chrìosd (uile). <sup>l</sup> sgàradh, àimhréite, chonnsaichean. <sup>m</sup> a ta neo-lochdach. <sup>n</sup> cliù bhur n-ùmhlaichda.

<sup>o</sup> Deadh-ghean.



## CEUD LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN CORINTIANACH.

### C A I B. I.

1 *An déigh fàilte agus breith buidheachais, 12 tha e 'gan earalachadh bhi dh'aon inntinn, agus 'gan cronachadh air son an aimhréite. 18 Sgrìosaidh Dia gliocas nan daoine eagnuidh le amaideachd searmonachaidh; &c.*

**P**OL a ghairmeadh gu bhi 'na abstol do Iosa Criosd, tre thoil Dé, agus Sostenes ar bràthair,

2 Chum eaglais Dé, a ta ann an Corinthus, chum na droinge a tha air an naomhachadh ann an Iosa Criosd, air an gairm gu bhi 'nan naoimh, maille rusan uile a tha gairm air ainm ar Tighearna Iosa Criosd anns gach àit, an Tighearna-san, agus ar Tighearna-ne.

3 Gràsa dhuibhse, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

4 Tha mi toirt buidheachais do Dhia a ghnàth d'ar taobhsa, air son gràsa Dhé a thugadh dhuibhse ann an Iosa Criosd;

5 Air son gu'n d'rinneadh saibhir leis-san sibh anns gach uile ni, anns gach ùr-labhradh, agus anns gach eòlas:

6 A réir mar a dhaingnicheadh fianuis Chriosd annaibh:

7 Ionnas nach 'eil sibh an déidhlàimh ann an tiodhlac sam bith; a' feitheamh ri foillseachadh ar Tighearna Iosa Criosd,

8 Neach mar an ceudna a dhaingnicheas sibh gus a' chrìch, *chum's gu'm bi sibh neo-lochdach ann an làr ar Tighearna Iosa Criosd.*

9 Tha Dia firinneach, leis an do ghairmeadh sibh chum comh-chomuinne a mhic Iosa Criosd ar Tighearna.

10 A nis guidheam oirbh, a bhràithre, trid ainme ar Tighearna Iosa Criosd, gu'n labhair sibh uile an t-aon ni, agus nach bi roinnean<sup>r</sup> 'nar measg; ach gu'm bi sibh ceangailte r'a chéile gu dìongalta ann an aon inntinn, agus ann an aon bharail<sup>s</sup>.

11 Oir nochdadh dhomhsa, a bhràithre, mu'r timchiollsa, leo-san a tha do theaghlach Chloe, gu bheil comhstri<sup>t</sup> 'nar measg.

12 A nis a deiream so, gu'n abair gach aon agaibh, Is le Pòl mise<sup>u</sup>, agus is le Apollos mise, agus is le Cephas mise, agus is le Criosd mise.

13 Am bheil Criosd air a roinn? an e Pòl a cheusadh air bhur son? no an ann an ainm Phòil a bhaisteadh sibh?

14 Tha mi toirt buidheachais do Dhia, nach do bhaist mi fh-aon agaibh, ach Crispus agus Gaius:

15 Air eagal gu'n abradh neach, gu'n do bhaist mi a'm' ainm féin.

16 Agus bhaist mi mar an ceudna teaghlach Stephanais: a thuilleadh air so, ni'm fios domh an do bhaist mi aon neach eile.

17 Oir cha do chuir Criosd mi a bhaisteadh, ach a shearmonachadh an t-soisgeil; cha'n ann an gliocas focail, chum nach cuirte crann-ceusaidh Chriosd an neo-brigh.

18 Oir a ta searmonachadh a' chroinn-cheusaidh 'na amaideachd dhoibhsan a chaillear; ach dhuinne a shlànuichear, is e cumbachd Dhé e.

19 Oir a ta e scrìobhta, Sgrìosaidh mi gliocas nan daoine glìce, agus cuiridh mi air cùl tuigse nan daoine tuigseach.

20 C'àit am bheil an duine glìc? c'àit am bheil an scrìobhuiche? c'àit am bheil deasboir an t-saoghail so?

<sup>r</sup> easaonachda, sgaraidh.    <sup>s</sup> bhreth.    <sup>t</sup> connasachdh.

<sup>u</sup> Is deisciobul do Phòl mise.

Nach do rinn Dia gliocas an t-saoghail so amaideach?

21 Oir an uair, ann an gliocas Dé, nach b'aithne do'n t-saoghal so Dia tre ghliocas, bu toil le Dia le arnaid-eachd an t-searmonachaidh iadsan a shlànuchadh<sup>a</sup> a ta creidsinn.

22 Oir a ta na h-Iudhaich ag iarraidh comharaidh, agus a ta na Greug-aich a' sireadh gliocais :

23 Ach a ta sinne a' searmonach-adh Chriosd air a cheusadh, 'na cheap-tuislidh do na h-Iudhachaibh, agus do na Greugachaibh 'na amaideachd ;

24 Ach dhoibhsan a ta air an gairm, araon Iudhaich agus Greug-aich, Criosd cumhachd Dhé, agus gliocas Dhé :

25 Do bhrìgh gur glìce amaideachd Dhé na daoine, agus gur treise anmhuinneachd Dhé na daoine.

26 Oir chi sibh féin bhur gairm, a bhràithre, nach iomadh iad *dhibh* a ta glìc a thaobh na feòla, nach iomadh cumhachdach, nach iomadh uasal.

27 Ach roghnaich Dia nithe amaideach an t-saoghail so, chum gu'n cuireadh e nàire air na daoineibh glìce ; agus ròghnaich Dia nithe anmhunna an t-saoghail, chum gu'n cuireadh e gu nàire na nithe cumhachdach ;

28 Agus nithe an-uasal an t-saoghail, agus nithe tarcuiseach ròghnaich Dia, agus na nithe nach 'eil ann, chum gu'n cuireadh e na nithe a ta ann, an neo brìgh :

29 Ionnnas nach deanadh feòil sam bith uail' 'na fhianuis.

30 Ach uaithes an a ta sibhse ann an Iosa Criosd, neach a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas, 'na fhìr-eantachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa :

31 Ionnnas, a réir mar a ta e scrìobhta, An ti a ni uail', deanadh e uail' anns an Tighearn.

## C A I B. II.

1 *Tha e cur an céill ge nach 'eil a shearmonachadh ann an oirdheirc-eas cainnte, 4 no ann an gliocas dhaoine ; 5 gidheadh gu bheil e a' coimh-sheasamh ann an cumhachd Dhé ; &c.*

**A** GUS an uair a thainig mise d'ar ionnsuidhse, a bhràithre, cha b'ann le oirdheirc-eas cainnte, no gliocais a thainig mi, a' cur an céill duibh teisteis Dhé.

2 Oir chuir mi romham gun eòlas a ghabhail air ni sam bith 'nar measg, ach air Iosa Criosd, agus esan air a cheusadh.

3 Agus bha mi 'nar measg ann an anmhuinneachd, agus ann an eagal, agus am mòr chrìch.

4 Agus cha *robh* m'fhocal agus mo shearmonachadh ann am briathraibh mìlse<sup>c</sup> gliocais daonna, ach ann an làn dearbhadh an Spioraid, agus a chumhachd :

5 Chum gu'm biodh bhur creid-imhse ni h-ann an gliocas dhaoine, ach an cumhachd Dhé.

6 Ach gidheadh tha sinn a' labhairt gliocais am measg nan daoine ionn'an: ach cha'n e gliocas an t-saoghail so, no uachdarana an t-saoghail so, a théid an neo-brìgh.

7 Ach tha sinn a' labhairt gliocais Dé ann an rùn-dìomhair, a' *ghliocais* sin a bha folaichte, a dh'orduich Dia roimh an t-saoghal<sup>d</sup> chum ar glòir-ne.

8 An gliocas nach b'aithne do aon neach do uachdaranaibh an t-saoghail so: oir nam b'aithne dhoibh e, cha cheusadh iad Tighearn na glòire.

9 Ach a réir mar a ta e scrìobhta, Cha'n fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha d'thainig ann an cridhe duine, na nithe a dh'ulluich Dia dhoibhsan aig am bheil gràdh dha.

10 Ach dh'fhoillsich Dia dhuinne iad le a Spiorad féin: oir tha an Spiorad a' rannsachadh nan uile nithe, eadhon, nithe doimhne Dhé.

11 Oir cò an duine d'an aithne nithe duine, ach do spiorad an duine a ta ann? mar sin cha 'n'eil fios aig neach sam bith air nithibh Dhé, ach aig Spiorad Dhé.

12 A nis fhuair sinne, cha'n e spiorad an t-saoghail, ach an Spiorad a ta o Dhia; chum gu'm biodh fios nan nithe sin againn a thugadh dhuinn gu saor o Dhia.

<sup>a</sup> a shaoradh, a thearnadh. <sup>b</sup> aithne a bhi agam. <sup>c</sup> tairngeach, drùiteach.  
<sup>d</sup> roimh na linnibh.



13 Nithe mar an ceudna a ta sinn a' labhairt, cha'n ann am briathraibh a theagaisgeas gliocas dhaoine, ach am briathraibh a theagaisgeas an Spiorad naomh; a' coimh-meas nithe spioradail ri nithibh spioradail.<sup>e</sup>

14 Ach cha ghabh an duine nadurra ri nithibh Spioraid Dé: oir is amaideachd leis iad; agus cha 'n'eil e'n comas da eòlas a ghabhail orra, do bhrìgh gur ann air mhodh spioradail a thuigear f iad.

15 Ach bheir an duine spioradail breth air na h-uile nithibh, gidheadh cha 'n'eil e féin fuidh bhreth duine sam bith.

16 Oir cò d'am b'aithne inntinn an Tighearna, agus a theagaisgeas e? ach tha inntinn Chriosd againne.

### C A I B. III.

2 Tha bainne ìomchuidh air son cloinne.

3 Tha strì agus aimhréite 'nan comhara cinnteach air inntinn fhèidlmhoir.

7 Cha 'n'eil anns an ti a shuidhicheas, agus anns an ti a dh'uisgicheas, ach neo-ni. 9 Is comh-oibrichean ministeire an t-soisgeil do Dhia.

11 'Se Criosd an t-aon bhunadh. 16 Is iad daoine teampull Dhé, 17 a' s còir a choimhead naomha. 19 Is amaideachd aig

Dia gliocas an t-saoghail so.

**A**GUS, a bhràithre, cha'n fheudainnse labhairt ribhse mar ri daoineibh spioradail, ach mar ri daoineibh fhèidlmhor, amhuil ri naoidheanaibh ann an Criosd,

2 Bheathaich mi le bainne sibh, agus cha'n ann le biadh: oir fathast cha b'urradh sibh a ghabhail, agus a nis féin cha'n urradh sibh.

3 Oir a ta sibh fathast fhèidlmhor: oir a thaobh gu bheil farmad 'nar measg, agus strì, agus aimhréite, nach 'eil sibh fhèidlmhor, agus ag imeachd mar dhaoine?

4 Oir an uair a deir neach, Is le Pòl mise, agus neach eile, Is le Apollos mise, nach 'eil sibh fhèidlmhor?

5 Cò e ma seadh Pòl, agus cò e Apollos, ach ministeirean tre'n do

chreid sibh, eadhon mar a thug an Tighearn do gach aon?

6 Shuidhich mise, dh'uisgich Apollos: ach 'se Dia a thug am fàs.

7 Uime sin ma seadh, cha'n'eil anns an ti a shuidhicheas no anns an ti a dh'uisgicheas, brìgh sam bith; ach ann an Dia a ta toirt an fhàis.

8 An ti a shuidhicheas, agus an ti a dh'uisgicheas, is aon iad: agus gheibh gach aon a dhuais féin, a reir a shaothair féin.

9 Oir is comh-luchd-oibre do Dhia sinne: is sibhse treabhachas<sup>f</sup> Dhé, is sibh aitreabh Dhé.

10 A réir grais Dé a thugadh dhomhsa, mar fhear-togail-aitreabh glic leag mi am bunadh, agus a ta neach eile a'togail air, ach thugadh gach neach an aire cionnus a thogas e air.

11 Oir bunait<sup>h</sup> eile cha'n urradh duine sam bith a chur, ach am bunait a chuireadh a cheana, eadhon Iosa Criosd.

12 A nis ma thogas neach air a' bhunadh so, òr, airgiod, clacha luachmhor, fiodh, feur, connlach;

13 Nithear obair gach aon duine follaiseach: oir nochdaidh an là i, do bhrìgh gu'm foillsichear i le teine; agus dearbhaidh an teine obair gach aon, ciod is gnè dh'i.

14 Ma dh'fhanas obair neach sam bith a thog e air, gheibh e duais.

15 Ma loisgear obair neach sam bith, fuilgidh e call: ach saorar e féin; gidheadh mar tre theine.

16 Nach 'eil fhios agaibh gur sibh teampull Dé, agus gu bheil Spiorad Dé 'na chòmhnuidh annaibh?

17 Ma thruaillleas neach air bith teampull Dhé, sgriosaidh Dia an ti sin: oir a ta teampull Dhé naomha, agus is sibhse e.

18 Na mealladh neach air bith e féin: ma shaoileas neach air bith 'nar measg e fèin bhi glic san t-saoghal so, biodh e 'na amadan, chum's gu'm bi e glic.

19 Oir is amaideachd aig Dia gliocas an t-saoghail so: oir a ta e scrìobhta, Glacaidh e na daoine glìce 'nan innleachdaibh féin.

<sup>e</sup> a' mìneachadh nithe spioradail am briathraibh spioradail. <sup>f</sup> bhreithnichear, mhothaichear. <sup>g</sup> tuathanachd. <sup>h</sup> bunachar, ònn.

20 Agus a rìs, Is aithne do'n Tighearn smuainte nan daoine glice, gur dìomhain iad.

21 Uime sin na deanadh neach air bith uaill a daoineibh: oir is leibhse na h-uile nithe:

22 Ma 'se Pòl, no Apollos, no Cephas, no an saoghal, no beatha, no bàs, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd; is leibhse iad uile;

23 Agus is le Criosd sibhse; agus is le Dia Criosd.

## C A I B. IV.

1 Ciod e am meas a bhuineadh do dhaoineibh bhi aca air ministearibh.

7 Cha 'n'eil againn ni air bith ach na fhuair sinn. 9 Na h-abstoil 'nam ball-amhaire do'n t-saoghal, do ainglibh, agus do dhaoineibh, 13 mar shal agus anabas an t-saoghail; 15 gidheadh is iad ar n-aithriche ann an Criosd, 16 agus bu chòir dhuinn an leanmhuinn.

**B**IODH a shamhuil so do mheas aig duine dhinne, mar mhinistearibh Chriosd, agus mar stiùbhardaibh i rùna-dìomhair Dhé.

2 Os bàrr iarrar ann an stiùbhardaibh, gu faighear neach dileas.

5 Ach agamsa is ro-bheag an ni gu'n d'thugadh breth orm leibhse, no le breitheanas duine: seadh, cha 'n'eil mi toirt breth orm féin.

4 Oir cha 'n fhios domh ni sam bith do m' thaobh féin, gidheadh cha 'n'eil mi le so air m'fhìreanachadh: Ach is e an Tighearn an ti a bheir breth orm.

5 Uime sin na tugaibh breth air ni sam bith roimh an àm, gus an d'thig an Tighearn, neach faraoan a bheir gu soilleireachd nithe folaichte an dorchadais, agus a dh'fhoillsicheas comhairlean nan cridheacha: agus an sin gheibh gach neach cliu o Dhia.

6 Agus, a bhràithre, ghabh mi na nithe so a'm' ionnsuidh féin, agus a dh'ionnsuidh Apollois ann an samh-ladh<sup>1</sup>, air bhur sonsa: chum gu fògh-lumadh sibh uainne, gun bhàrail a bhi agaibh air daoineibh os ceann na bheil scrìobhta, chum nach biodh a

h-aon agaibh air a shéideadh suas air son aon duine an aghaidh da'n' eile.

7 Oir cò tha deanamh eadar-dhealachaidh ortsa o neach eile? Agus ciod e a ta agad nach d'fhuair thu? a nis ma fhuair thu e, c'ar son a ta thu deanamh uaill mar nach faigheadh tu e?

8 A nis tha sibh sàitheach, a nis rinneadh saibhir sibh, rioghaich sibh as ar n-eugmhaisne: Agus b'fhearr leam gu'm bu rìghre sibh, chum gu'm biodhmaidne 'nar rìghribh maille ribh.

9 Oir is i mo bhàrail gu'n do chuir Dia sinne na h-abstoil a mach fa dheireadh, mar dhroing a ta air an orduchadh chum bàis. Oir rinneadh sinn 'nar ball-amhaire<sup>m</sup> do'n t-saoghal, agus do ainglibh, agus do dhaoineibh.

10 Is amadain sinne air son Chriosd, ach a ta sibhse glic ann an Criosd: tha sinne lag, ach a ta sibhse làidir: a ta sibhse ann an urram, ach sinne ann an eas-urram.

11 Gus an uair so féin, tha sinn araon ocrach, agus iotmhor, agus lomnochd, agus air ar bualadh do dhornaibh, agus gun aon àite-còmh-nuidh seasmhach againn;

12 Agus ri saothair, ag oibreachadh le'r làmbaibh féin: Air fulang anacainnt dhuinn, tha sinn a' beannaachadh: 'nuair a gheur-leanar sinn, tha sinn 'ga fhulang:

13 Air faghail toibheim dhuinn, tha sinn a' guidheadh: rinneadh sinn mar shalachar an t-saoghail, mar anabas nan uile nithe gus an là'n diugh:

14 Ni'n scrìobham na nithe so a chur nàire oirbh, ach mar mo chloinn ghràdhaich a ta mi 'gar comhairleachadh.

15 Oir ma ta deich mìle luchd-teagaisg agaibh ann an Criosd, gidheadh cha 'n'eil agaibh mòran aithriche: oir ann an Iosa Criosd ghin mise sibh trid an t-soisgeil.

16 Uime sin guidheam oirbh, bithibh 'nar luchd-leanmhuinn ormsa<sup>n</sup>.

17 Chum na crìche so chuir mi

i luchd-frithealaidh air. <sup>1</sup> coslas. <sup>m</sup> sealladh, speuclair. <sup>n</sup> air m'èisimplairse.



Timoteus d'ar ionnsuidh, neach a ta 'na mhac gràdhach dhomh, agus dleas san Tighearna, neach a chuireas an cuimhne dhuibh mo shligheansa a ta ann an Criosd, a réir mar a ta mi teagasg anns gach àit anns gach eaglais.

18 A nis a ta cuid air an séideadh suas mar nach d'thiginn d'ar ionnsuidh.

19 Gidheadh thig mi d'ar ionnsuidh gu h-aithghearr, ma's toil leis an Tighearn, agus bithidh fios agam, cha'n ann air cainnt na muinntir a ta air an séideadh suas, ach air an cumhachd.

20 Oir cha'n ann am focal a ta rioghachd Dhé, ach ann an cumhachd.

21 Ciod is àill leibh? An d'thig mi d'ar ionnsuidh le slait, no ann an gràdh, agus ann an spiorad na macan-tachd<sup>o</sup>?

### C A I B. V.

1 *A ta an duine fèdmhor nì's mò 'na chùis-nàire dhoibh, na 'na aobhar gairdeachais. 7 Is còir an t-seann gheur-thaois a ghlanadh a mach. 10 Is còir peacaich ghràineil a sheachnadh.*

**T**HA e air aithris gu coitcheionn<sup>p</sup> gu bheil neo-ghloine<sup>r</sup> 'nar measg, agus a leithid sin do neo-ghloine, nach 'eil uiread as air ainm-eachadh am measg nan Cinneach, gu'm biodh aig neach bean athar.

2 Agus a ta sibh air bhur séideadh suas, agus cha d'rinn sibh bròn mar bu chòir, chum gu tugtadh air falbh uaibh am fear a rinn an gnòinsh so.

3 Oir gu deimhin air dhomhsa bhi uaibh an corp, ach a làthair agaibh an spiorad, thug mi breth eheana, mar gu bithinn a làthair, air an neach a rinn so mar so;

4 An ainm ar Tighearna Iosa Criosd, air dhuibhse, agus do m' spioradsa bhi cruinn an ceann a chéile, maille ri cumhachd ar Tighearna Iosa Criosd,

5 A shamkuil so do dhuine a thoirt thairis do Shatan chum sgrios na feòla, chum gu'm bi an spiorad air a shaoradh<sup>s</sup> ann an là an Tighearna Iosa.

6 Cha 'n'eil bhur n-uaill maith: nach 'eil fhios agaibh gu'n goirtich<sup>t</sup> beagan do thaois ghoirt<sup>u</sup> am meall uile?

7 Glanaibh a mach uime sin an t-seann thaois ghoirt, chum gu'm bi sibh 'nar meall nuadh, mar a ta sibh neo-ghoirtichte. Oir a ta eadhon Criosd ar n-uan càisge air ìobradh air ar son.

8 Uime sin cumamaid an fhéil<sup>a</sup>, na b'ann le seann thaois ghoirt, no le taois ghoirt a' mhìoruin agus an uile; ach le aran neo-ghoirtichte an treibhdhireis agus na firinn.

9 Sgrìobh mi d'ar ionnsuidh ann an litir, gun chomhludar a bhi agaibh ri luchd neo-ghloine<sup>b</sup>.

10 Gidheadh ni h-ann gu h-uile ri luchd neo-ghloine an t-saoghail so, no ri luchd sainnt, no luchd foireigne<sup>c</sup>, no luchd ìodhol-aoraidh; oir an sin b'éigin duibh dol a mach as an t-saoghal.

11 Ach a nis sgrìobh mi d'ar ionnsuidh, gun chomhludar a ghleidheadh, ma ta neach air bith d'an goirear bràthair 'na fhear-neo-ghloine, no sanntach, no 'na fhear-ìodhol-aoraidh, no 'na fhear-anacainnt, no 'na mhisgeir, no 'na fhear-foireigne, maille r'a leithid so do dhuine gun uiread as biadh itheadh.

12 Oir ciod e mo ghnòthuchsa breth a thoirt orrasan a ta am muigh? nach 'eil sibhse a' toirt breth air an droing a ta stigh?

13 Ach a ta Dia a' toirt breth orrasan a ta 'n leth muigh. Uime sin cuiribh air falbh an droch dhuine sin as bhur meadhon féind.

### C A I B. VI.

1 *Cha'n fheud na Corintanaich dragh a chur air am bràithribh le'n agairt chum lagha, 6 gu h-àraidh an làthair nan anacreid-*

<sup>o</sup> ceunnsachd. <sup>p</sup> cumanta. <sup>r</sup> strìopachas. <sup>s</sup> shàbhaladh, thearnadh.  
<sup>t</sup> geuraich. <sup>u</sup> gheur-thaois. <sup>a</sup> an fhéisd. <sup>b</sup> strìopachais. <sup>c</sup> reubainn,  
 anacothrom. <sup>d</sup> as bhur cuideachd.

*each.* 9 *Cha sealbhuich na neo-fhèreanaich rioghachd Dhé.* 15 *'S iad ar cuirp buill Chriosd,* 19 *agus teampuill an Spioraid naomh:* 16 *Uime sin cha'n fheudar an truaillleadh.*

**A** M bheil a chridh' aig aon neach agaibh, aig am bheil cùis an aghaidh duin' eile, dol fuidh bhreith-eanas nan daoine eucorach, agus ni h-ann fuidh *bhreitheanas* nan naomh?

2 Nach 'eil fhios agaibh gu'n toir na naomh breth air an t-saoghal? agus ma bheirear breth air an t-saoghal leibhse, an e nach fiu sibh bhi 'nar breithibh air na cùisibh a's lugha?

3 Nach 'eil fhios agaibh gu'n toir sinne breth air ainglibh? cia mò na sin air nithibh a bhuineas do'n bheatha so?

4 Uime sin ma ta breitheanas<sup>e</sup> agaibh mu thimchioll nan nithe sin a bhuineas do'n bheatha so, cuiribh 'nan suidhe *chum breitheanas* an dream a's lugha meas anns an eag-lais.

5 Chum bhur nàire labhram. An ann mar sin nach 'eil aon duine glic 'nar measg? *nach eil* fiu a h-aon a's urradh breth a thoirt eadar a bhràithre?

6 Ach a ta bràthair a' dol gu lagh le bràthair, agus so an làthair nan anacreideach.

7 A nis uime sin a ta gu cinnteach lochd 'nar measg, do bhrìgh gu bheil sibh a' dol gu lagh r'a chéile: c'ar son nach fearr leibh eucoir fhulang? c'ar son nach fearr leibh calldach a ghabhail?

8 Gidheadh a ta sibh a' deanamh eucoir agus diobhail<sup>f</sup>, agus sin air bhur bràithribh?

9 Nach 'eil fhios agaibh nach sealbhaich luchd deanamh na h-eucorach rioghachd Dhé? Na meallar sibh: cha sealbhaich luchd-strìopachais, no luchd-ìodhol-aoraidh, no luchd-adhaltrannais, no luchd-macnuis, no na daoine a ta ciontach do neo-ghloine mhi-nàdurra.

10 No gaduichean, no daoine sanntach, no misgeirean, no luchd-

anacainnt, no luchd-foreignne, rioghachd Dhé.

11 Agus mar so bha cuid dibhse: ach a ta sibh air bhur n-ionnlad, ach a ta sibh air bhur naomhachadh; ach a ta sibh air bhur fireanachadh an ainm an Tighearna Iosa, agus tre Spiorad ar Dé-ne.

12 Tha na h-uile nithe ceadachite dhomhsa, ach cha 'n'eil na h-uile nithe iomchuidh<sup>g</sup>: tha na h-uile nithe ceadachite dhomh, ach cha chuirear mi fuidh chumhachd ni sam bith.

13 Tha am biadh air son na bronn, agus a' bhrù air son a' bhìdh: ach sgriosaidh Dia faraon so agus sud. A nis cha 'n ann do neo-ghloine a tha an corp, ach do'n Tighearn: agus an Tighearn do'n chorp.

14 Agus thog Dia faraon an Tighearn suas, agus togaidh e sinne suas trid a chumhachd féin mar an ceudna.

15 Nach 'eil fhios agaibh, gur iad bhur cuirp buill Chriosd? uime sin an gabh mise buill Chriosd, agus an dean mi buill strìopaiche dhuibh? Nar leigeadh Dia.

16 An e nach 'eil fios agaibh, an ti sin a tha ceangailte ri strìopaich, gur aon chorp *rithe* e? Oir (a deir e) bithidh dithis 'nan aon fheadh.

17 Ach an ti a tha ceangailte ris an Tighearn, is aon Spiorad *ris* e.

18 Teichibh o strìopachas. Tha gach aon pheacadh a ni duine an leth muigh do'n chorp: ach an ti a ni strìopachas, tha e peacachadh an aghaidh a chuirp féin.

19 An e nach 'eil fhios agaibh gur e bhur corp teampull an Spioraid naomh a ta annaibh, a ta agaibh o Dhia, agus cha leibh féin sibh?

20 Oir cheannachadh le luach sibh: uime sin thugaibh glòir do Dhia le bhur corp, agus le bhur spiorad, a's le Dia.

## C A I B. VII.

1 *Mu phòsadh,* 4 *leigheas an strìopachais;* 10 *agus nach bu chòir do bhannaidh-pòsaidh bhi air am fuasgladh air bheag aobhair.* 18 *Is còir*

<sup>e</sup> *caithriche-breitheanas.*<sup>f</sup> *diùbhair.* <sup>g</sup> *tarbhach.*



do gach duine bhi toilichte leis a ghairm. 25 C'ar son is còir roghuinn a dheanamh do dhigheachd: 35 na reusoin air son am bu chòir pòsadh, no gun phòsadh.

**A**NIS a thaobh nan nithe mu'n do scriobh sibh a m' ionnsuidh: Is maith do fhear gun bheantuinn ri mnaoi.

2 Gidheadh, chum strìopachas a sheachnadh, biodh a bhean féin aig gach fear, agus aig gach mnaoi a fear féin.

3 Thugadh am fear an deadh-ghean dligheach do'n mhnaoi; agus a' bhean mar an ceudna do'n fhear.

4 Cha 'n'eil comas a cuirp féin aig a' mhnaoi, ach aig an fhear: agus mar an ceudna cha 'n'eil comas a chuirp féin aig an fhear, ach aig a' mhnaoi.

5 Na cumaibh bhur dlighe o chéile, ach le toil a chéile rè tamuill, chum sibh féin a thoirt do throsgradh agus do ùrnuigh; agus thigibh cuid-eachd a ris, chum nach buair Satan sibh air son bhur neo-gheamnuidh-eachd.

6 Ach labhram so mar ni cead-aichte<sup>h</sup>, agus cha'n ann mar àithne.

7 Oir bu mhiann leam gu'm biodh na h-uile dhaoine mar mi féin: gidheadh a ta a thiodhlac féin aig gach duine o Dhia, aig aon neach mar so, agus aig neach eile mar sud.

8 Uime sin a deiream ris an droing nach 'eil pòsda agus ris na bantrach-aibh, Is maith dhoibh ma dh'fhanas iad eadhon mar a ta mise.

9 Gidheadh mur fheudar leo iad féin a ghleidheadh *geamnuidh*, pòsadh iad: oir is fearr pòsadh na losgadh.

10 Agus dhoibhsan a ta pòsda àithnream, *gidheadh* cha mhise, ach an Tighearn, gun a bhean a dhealachadh r'a fear:

11 Ach ma dhealaicheas i, fanadh i gun phòsadh, no biodh i réidh r'a fear: agus na cuireadh am fear naith a bhean.

12 Ach ris a' chuid eile a deireamsa, cha'n e an Tighearn, Ma

bhios aig bràthair sam bith bean anacreideach<sup>i</sup>, agus gu bheil i toileach còmhnuidh a ghabhail maille ris, na cuireadh e uaith i.

13 Agus a' bhean aig am bheil fear anacreideach, agus gu bheil esan toileach còmhnuidh a ghabhail maille rithe, na cuireadh i naipe e<sup>l</sup>.

14 Oir a ta am fear anacreideach air a naomhachadh leis a' mhnaoi<sup>m</sup>, agus a ta a' bhean anacreideach air a naomhachadh leis an fhear<sup>n</sup>: no bhiodh bhur clann neo-ghlan; ach a nis a ta iad naomha.

15 Ach ma dh'fhalbhas am fear anacreideach, falbhadh e. Cha 'n'eil bràthair no piuthar fa dhaorsa 'nan leithidibh sin do chàsaibh: ach ghairm Dia sinne chum sìth.

16 Oir ciod am fios a ta agadsa, O bhean, nach slànuich<sup>o</sup> thu t'fhear? no ciod am fios a ta agadsa, O fhir, nach slànuich thu do bhean?

17 Ach a réir mar a roinn Dia ris gach duine, mar a ghairm an Tighearn gach aon, mar sin gluaiseadh e: agus mar sin a ta mise 'g orduchadh annas na h-eaglaisibh uile.

18 An do ghairmeadh neach sam bith agus e timchioll-ghearrta? na deanar e neo-thimchioll-ghearrta: an do ghairmeadh neach sam bith gun e bhi timchioll-ghearrta? na timchioll-ghearrar e.

19 Cha 'n'eil éifeachd san timchioll-ghearradh, agus cha 'n'eil éifeachd san neo-thimchioll-ghearradh, ach ann an coimhead àitheanta Dhé.

20 Fanadh gach aon anns a' ghairm anns an do ghairmeadh e.

21 An do ghairmeadh thu a'd' thràil<sup>p</sup>? na biodh suim agad dheth; ach ma dh'fheudas tu bhi saor, gu ma h-e sin do roghainn.

22 Oir an ti a ghairmeadh san Tighearn 'na thràill, is duine saor an Tighearna e: mar an ceudna an ti a ghairmeadh agus e saor, is e seirbhis-each<sup>r</sup> Chriosd e.

23 Cheannachadh air luach sibh; na bithibh 'nar tràillibh do dhaoinibh.

<sup>h</sup> mar chomhairle.    <sup>i</sup> mhi-chreidmheach, gun chreidimh.    <sup>l</sup> na fàgadh  
<sup>i</sup> e.    <sup>m</sup> sa' mhnaoi.    <sup>n</sup> san fhear.    <sup>o</sup> saor, sàbhail.    <sup>p</sup> a'd' dhaor-òglach,  
a'd' sheirbhis-each.    <sup>r</sup> daor-òglach.

24 A bhràithre, san staid anns an do ghairmeadh gach neach, an sin fanadh e maille ri Dia.

25 A nis a thaobh òighean, cha 'n'èil àithne agam o'n Tighearn: gidheadh bheiream mo bhreth, mar neach a fhuair tròcair o'n Tighearn gu bhì dileas.

26 Measam uime sin gu bheil so maith air son na teanntachd<sup>s</sup> a ta làthair, a deiream, gu bheil e maith do dhuine bhì mar sin.

27 Am bheil thu ceangailte ri mnaoi? na iarr fuasgladh. Am bheil thu fuasgailte o mhnai? na iarr bean.

28 Ach ma phòsas tu, cha do pheacaich thu; agus ma phòsas òigh, cha do pheacaich i: gidheadh, bithidh aig an leithidibh so trioblaid san fhèoil; ach caomhnam sibh.

29 Ach a deiream so, a bhràithre, gu bheil an aimsir goirid sna bheil ri teachd: ionnas faraon gu'm bi iadsan aig am bheil mnai, mar nach biodh mnai aca;

30 Agus iadsan a ta ri caoidh, mar nach biodh iad ri caoidh; agus iadsan a ta ri gairdeachas, mar mhuinntir nach 'eil ri gairdeachas; agus iadsan a ta ri ceannachd, mar dhaoine nach 'eil a' sealbhachadh:

31 Agus iadsan a ta gnàthachadh an t-saoghail so, mar dhroing nach 'eil 'ga mhi-ghnàthachadh<sup>t</sup>: oir théid sgiamh<sup>u</sup> an t-saoghail so seachad.

32 Ach b'àill leam sibhse bhì gun ro-chùram. An ti nach 'eil pòda, bithidh cùram nan nithe sin a bhuineas do'n Tighearn air, cionnus a thoilicheas e an Tighearn:

33 Ach an ti a ta pòda, bithidh cùram nithe an t-saoghail air, cionnus a dh'fheudas e a bhean a thoileachadh.

34 Tha mar an ceudna eadar-dhealachadh eadar bean agus òigh: tha cùram oirre-se nach 'eil pòda mu nithibh an Tighearna, chum's gu'm bi i naomha, faraon 'na corp agus 'na spiorad; ach bithidh cùram air a' mhnai a ta pòda mu nithibh an t-saoghail, cionnus a dh'fheudas i toil a fir a dheanamh.

35 Agus so labhram chum bhuir

tairbhe féin, cha'n ann chum gu'n cuirinn ribe<sup>a</sup> oirbh, ach a chum an ni sin a ta ciatfach<sup>b</sup>, agus gu'm feith-eadh sibh air an Tighearn gun bhuair-eadh.

36 Aeh ma shaoileas duine sam bith gu bheil e 'ga ghiùlan féin gu mi-chiatfach thaobh a mhaighdin, ma chaidh blàth a h-aimsir thairis, agus gur còir a dheanamh mar sin, deanadh e na's àill leis, cha 'n'èil e a' peacachadh: pòsadh iad.

37 Gidheadh, an ti sin a tha suidhichte gu daingean 'na chridhe, agus gun éigin sam bith air, ach aig am bheil cumhachd air a thoil féin, agus a chuir roimhe 'na chridhe a mhaighdean a choimhead, tha e a' deanamh gu maith.

38 Uime sin ma seadh, a ta an ti a bheir seachad am pòsadh i, a' deanamh gu maith; ach a ta an ti nach tabhair ann am pòsadh i, a' deanamh ni's fearr.

39 Tha bhean ceangailte leis an lagh rè na h-ùine a's beo d'a fear: ach ma gheibh a fear bàs, tha i saor gu pòsadh ri aon neach a's toil leatha; a mhàin anns an Tighearn.

40 Ach tha i ni's sona, ma dh'fhanas i mar sin, a réir mo bhrethse: agus is i mo bharailse<sup>c</sup> gu bheil Spiorad Dhé agam.

## C A I B. VIII.

1 Fantuinn o bhidheannaibh a dh'ìobradh do ìodholaibh. 8 Cha'n fheud sinn ar saorsa Chrìosduidh a mhi-ghnàthachadh, chum oibheim d'ar bràithribh; 11 ach is còir dhuinn ar n-eòlas a chòsachadh le gràdh.

**A**NIS a thaobh nithe a dh'ìobradh do ìodholaibh, tha fhios againn gu bheil eòlas againn uile. Atuidh an t-eòlas suas, ach bheir gràdh fòghlum.

2 Agus ma ta aon duine a' saoit-sinn gu bheil eòlas ni sam bith aige, cha'n aithne dha aon ni fathast mar bu chòir dha aithneachadh.

3 Ach ma ta gràdh aig duine sam bith do Dhia, tha esand air aithneachadh leis.

<sup>s</sup> na h-éigin, a' chruaidh-chais. <sup>t</sup> 'ga chaitheadh. <sup>u</sup> dreach, cumadh. <sup>a</sup> riabh.  
<sup>b</sup> cubhaidh, tlachdmhor. <sup>c</sup> tha mi cinnteach. <sup>d</sup> an duine so.



4 Uime sin, mu thimchioll itheadh nan nithe sin a dh'ìobradh do ìodholaibh, tha fhios againne nach ni air domhan ìodhol, agus nach 'eil Dia sam bith eile ann ach a h-aon.

5 Oir ge do tha iad ann d'an goirear Dée, ma's ann air nèamh no air talamh (amhuil mar a ta iomadh Dia, agus iomadh Tighearn ann.)

6 Gidheadh dhuinne cha 'n'eil ach aon Dia, an t-Athair, o'm bheil na h-uile nithe, agus sinne air a shonsan<sup>e</sup>; agus aon Tighearn Iosa Criosd, trid am bheil na h-uile nithe, agus sinne tridsan.

7 Gidheadh cha 'n'eil an t-eòlas so anns na h-uile dhaoineibh; oir tha cuid le coguis thaobh an ìodhoil gus an àm so, ag itheadh a bhìdh mar ni a dh'ìobradh do ìodhol; agus air d'an coguis a bhì anmhunn, tha i air e salachadh.

8 Ach cha mhol biadh sinn do Dhia: oir ma dh'itheas sinn, ni'm feird sinn e; ni mo mur ith sinn, is misd sinn e.

9 Ach thugaibh an aire nach bi an comas<sup>f</sup> so a ta agaibh air aon dòigh 'na aobhar oilbheum do'n dream a ta lag.

10 Oir ma chi neach thusa aig am bheil eòlas a' suidhe chum bìdh ann an teampull ìodhoil, nach neartuichear coguis an tì sin a ta lag chum na nithe sin a dh'ìobradh do ìodholaibh itheadh:

11 Agus tre t'eòlas-sa an d'théid do bràithair lag am mugha<sup>g</sup>, air son an d'fhuair Criosd bàs?

12 Ach le peacachadh dhuibh mar sin an aghaidh nam bràithre, agus leis an coguis anmhunn a lotadh, tha sibh a' peacachadh an aghaidh Chriosd.

13 Uime sin ma bheir biadh aobhar oilbheim do m' bhràithair, cha'n ith mi feòil a choidhch', chum nach tabhair mi aobhar oilbheim do m' bhràithair.

### C A I B. IX.

1 Tha e nochadh a shaorsa, 7 agus

gu'm buineadh do'n mhinisteir bhi air a bheathachadh leis an t-soisgeul: 15 gidheadh d'a dheadh-ghean maith féin gu'n d'fhan esan o bhi costail dhoibh, 22 agus o oilbheum a thoirt do neach sam bith an cùisibh coimhdheis. 24 Tha ar beatha cosmhuil ri réis.

**N**ACH abstol mise? nach 'eil mi saor? Nach fhaca mi Iosa Criosd ar Tighearn? nach sibhse m'obair san Tighearn?

2 Mur 'eil mi a'm' abstol do dhaoineibh eile, gidheadh gu cinnteach tha mi dhuibhse; oir is sibhse seula m' abstolachd anns an Tighearn.

3 Is e so mo fhreagradh do'n droing a chuireas ceisd orm,

4 Nach 'eil againne comas<sup>h</sup> ith-eadh agus òl?

5 Nach 'eil againne comas piuthar, bean-phòsda a thoirt leinn mu'n cuairt, amhuil mar na h-abstoil eile, agus bràithrean an Tighearna, agus Cephas?

6 No am bheil mise agus Barnabas a mhàin, gun chomas againn bhi saor o bhair?

7 Cò a théid chum cogaidh uair air bith air a chostus féin? cò a shuidh-icheasi fìon-lios, agus nach ith d'a thoradh? no cò a bheathaicheas treud, agus nach blais do bhainne an treud?

8 An ann mar dhuine a labhram na nithe so? no nach abair an lag na nithe so mar an ceudna?

9 Oir a ta e scrìobhta ann an lagh Mhaois, Na cuir ceangal air beul an daimh a tha saltairt<sup>i</sup> an arbhair. Am bheil cùram nan damh air Dia?

10 No nach ann gu h-àraid<sup>m</sup> air ar soinne a deir e so? gu deimhin is ann air ar soinne tha e scrìobhta: chum gur ann an dòchas is còir do'n treabhaiche treabhadh; agus a chum an neach a bhuaileas ann an dòchas, gu'm bi e 'na fhear comhpairt d'a dhòchas.

11 Ma chuir sinne nithe spior-adail dhuibhse<sup>n</sup>, an ni mòr e ma

<sup>e</sup> annsan. <sup>f</sup> a' chòir, an cumhachd. <sup>g</sup> an sgriosar, an cailltear do bhràithair lag. <sup>h</sup> cumhachd, còir. <sup>i</sup> phlann-daicheas. <sup>l</sup> a' bualadh, briseadh. <sup>m</sup> gu h-uile. <sup>n</sup> annaibhse.

bhuaineas sinn bbur nithe feòlmhor-sa?

12 Ma tha muinntir eile 'nan luchd-comhpairt do'n chumhachd<sup>o</sup> so thar-uibh, nach mò is còir dhuinne *bhi*? Gidheadh, cha do chuir sinn an cumhachd so an cleachda; ach a ta sinn a' fulang nan uile nithe, chum nach cuireamaid bacadh air soisgeul Chriosd.

13 Nach 'eil fhios agaibh gu bheil iadsan a ta saothreachadh mu thim-chioll nithe naomha, air am beathachadh o'n teampull? agus iadsan a ta frithealadh do'n altair, gu bheil comh-roinn<sup>p</sup> aca ris an altair?

14 Agus mar sin dh'orduich an Tighearn mar an ceudna dhoibhsan a ta searmonachadh an t-soisgeil, an teachd-an-tìr fhaotainn o'n t-soisgeul.

15 Ach cha do ghnàthaich mise a h-aon diubh so, agus cha do scriobh mi na nithe so, chum gu'n deantadh mar sin dhomh: oir b'fhearr dhomh am bàs fhaghail, na gu'n cuireadh neach air bith m'uaill an neo-brìgh.

16 Oir ge do shearmonaich mi an soisgeul, cha 'n'eil aobhar uail agam: oir a ta éigin air a cur orm; seadh, is anaobhinn domh, mur searmonaich mi an soisgeul.

17 Oir ma's ann gu toileach a ta mi deanamh so, tha duais agam: ach ma's ann an aghaidh mo thoile a tha ministreileachd<sup>r</sup> air a h-earbsadh rium,

18 Ciod i mo dhuais ma seadh? *eadhon so*, chum ag searmonachadh an t-soisgeil domh, gu'n suidhichinn<sup>s</sup> soisgeul Chriosd gun chostus, chum nach mi-ghnàthaichinn mo chumhachd san t-soisgeul.

19 Oir ge do tha mi saor o na h-uile dhaoineibh, gidheadh rinn mi mi féin a'm' sheirbhiseach<sup>t</sup> do na h-uile, chum gu'n cosnainn an tuilleadh.

20 Agus rinneadh mi do na h-Iudhachaibh mar Iudhach, chum gu'n cosnainn na h-Iudhaich; dhoibh-

san a ta fuidh 'n lagh, mar *dhuine* fuidh 'n lagh, chum gu'n cosnainn iadsan a ta fuidh 'n lagh;

21 Dhoibhsan a ta gun lagh, mar *dhuine* gun lagh, (ge nach 'eil mi gun lagh do Dhia, ach fuidh lagh do Chriosd) chum gu'n cosnainn iadsan a ta gun lagh.

22 Rinneadh mi dhoibhsan a ta annhunn<sup>u</sup> mar *dhuine* annhunn, chum gu'n cosnainn an droing a ta annhunn: Bha mi san uile chruth do na h-uile, chum air gach uile dhòigh gu'n slànachinn<sup>a</sup> cuid éigin.

23 Agus so deanam air son an t-soisgeil, chum gu'm bi mi a'm' fhear comh-roinne dheth<sup>b</sup>.

24 Nach 'eil fhios agaibh iadsan a ta ruith anns a' bhlàr-réise, gu'n ruith iad uile, ach is aon duine a gheibh an duais<sup>c</sup>? gu'ma h-amhuil a ruithas sibhse, ionnas gu'n glac sibh an duais.

25 Agus a ta gach uile ghleachd-air measarra anns na h-uile nitheibh: a nis a ta iadsan a' deanamh *sir* chum's gu'm faigh iad crùn truailidh, ach sinne air son crùn neo-truailidh.

26 Uime sin is amhuil a ruith-eamsa, ni h-ann mar gu neo-chinnteach<sup>d</sup>: is amhuil a chuiream cath, ni h-ann mar neach a bhuaileas an t-athar:

27 Ach trom-bhuaileam mo chorp, agus cuiream fuidh smachd e: an t-eagal air chor sam bith an déigh dhomh searmonachadh<sup>e</sup> do dhroing eile, gu'n cuirear mi féin air cùl<sup>f</sup>.

## C A I B. X.

1 Tha sacramainte nan Iudhach 'nan samhldadh air ar sacramaintibhne,

14 agus am peanas mar rabhadh dhuinn iodhol-aoradh a sheachnadh.

21 Cha'n fheud sinn *bhi* 'nar luchd comhpairt do bhord an Tighearna, agus dhiabhol faraon: &c.

**O**S bàrr, a bhràithre, cha b'àill leam sibhse a bhi aineolach, gu robh ar n-aithriche uile fuidh 'n neul,

<sup>o</sup> chomas. <sup>p</sup> comhpairt. <sup>r</sup> frithealadh, cùram. <sup>s</sup> deanainn. <sup>t</sup> a'm' thràill. <sup>u</sup> lag. <sup>a</sup> saorainn, tearnuinn, sàbhalainn. <sup>b</sup> gu'm bi comhpairt agam dheth maille ribhse. <sup>c</sup> geall. <sup>d</sup> mar neach nach 'eil am follas. <sup>e</sup> gairm a thoirt. <sup>f</sup> gu diùllar, gu tilgear mi féin.



agus gu'n deachaidh iad uile tre'n mhuir;

2 Agus gu'n do bhaisteadh iad uile do Mhaois san neul, agus anns a' mhuir;

5 Agus gu'n d'ith iad uile an t-aon bhiadh spioradail;

4 Agus gu'n d'òl iad uile an t-aon deoch spioradail: (oir dh'òl iad do'n charruig spioradail sin a lean iad: agus b'i a' charruig sin Crìosd.)

5 Ach le mòran diubh cha robh Dia toilichte: oir sgriosadh san fhàsach iad.

6 A nis bha na nithe sin 'nan saimpleiribh<sup>h</sup> dhuinne, chum nach miannaicheamaid droch nithe, eadhon mar a mhiannaich iadsan.

7 Agus na bithibhse 'nar luchd-ìodhol-aoraidh, mar a bha cuid diubhsan; a réir mar a ta e scribedh, Shuidh am pobull sìos a dh'itheadh agus a dh'òl, agus dh'éirich iad a chluicheadh.

8 Agus na deanamaid strìopachas, mar a rinn cuid diubhsan, agus a thuit diubh an aon là trì mìle fich-ead.

9 Agus na dearbhamaid i Crìosd!, mar a dhearbhadh cuid diubhsan, agus a sgriosadh iad le nathraichibh nimhe.

10 Agus na deanaibhse gearan, mar a rinn cuid diubhsan gearan, agus a sgriosadh iad leis an sgriosad-air<sup>m</sup>.

11 A nis thachair na nithe so uile dhoibhsan mar eiseimpleiribh: agus scriobhadh iad chum teagaisg<sup>n</sup> duinne, air am bheil deireadh an domhain<sup>o</sup> air teachd.

12 Uime sin an ti a shaoileas a bhi 'na sheasamh, thugadh e aire nach tuit e.

13 Cha do thachair deuchainn<sup>p</sup> air bith ribh, ach ni a ta coitchionn<sup>r</sup> do dhaoibh: ach tha Dia dìleas, nach leig dhuibh bhi air bhur feuchainn thar bhur comas; ach a ni maille ris an deuchainn slighe dol as mar an an ceudna, chum gu'm bi sibh comasach air a giùlan.

14 Air an aobhar sin, a mhuinntir mo ghràidh, teichibh o ìodhol-aoradh.

15 Labhram mar ri daoibh tuigs-each: thugaibhse breth air an ni a deiream.

16 Cupan a' bheannachaidh a ta sinne a' beannachadh, nach e comunn fola Chrìosd e? An t-aran a ta sinn a' briseadh, nach e comunn cuirp Chrìosd e?

17 Oir ge do tha sinne 'nar mòran, is aon aran<sup>s</sup>, agus aon chorp sinn: oir a ta againn uile comhpairt do'n aon aran.

18 Thugaibh faineas Israel a réir na feòla: nach 'eil aca san a ta 'g itheadh nan ìobairt comh-roinn ris an altair?

19 Ciod a deiream uime sin? gu bheil brìgh air bith anns an ìodhol, no gu bheil brìgh air bith san ni a dh'ìobradh do ìodholaibh?

20 Ach a deiream, na nithe a ta na Cinnich ag ìobradh, gur ann do dheamhnaibh a tha iad 'gan ìobradh, agus nach ann do Dhia: agus cha b' àill leam comunn a bhi agaibhse ri deamhnaibh.

21 Cha 'n'eil e an comas duibh cupan an Tighearna òl, agus cupan dheamhan. Cha 'n'eil e an comas duibh comh-roinn a bhi agaibh do bhord an Tighearna, agus do bhord dheamhan.

22 Am brosaich sinn an Tighearn gu feirg? an treise sinn na esan?

23 Tha na h-uile nithe ceadichte dhomh, ach cha 'n'eil na h-uile nithe iomchuidh<sup>t</sup>: tha na h-uile nithe ceadichte dhomh, agus cha tabhair na h-uile nithe fòghlum.

24 Na iarradh neach air bith an ni sin a bhuineas dha féin: ach iarradh gach aon an ni sin a thig ri maith neach eile.

25 Itibh gach ni a reiceas am margadh na feòla, gun cheisd air bith fheòraich<sup>u</sup> air son coguis.

26 Oir is leis an Tighearn an talamh, agus a làn.

<sup>g</sup> Cha do thaitinn mòran diubh ri Dia. <sup>h</sup> sgàilibh, samhlachasaibh.  
<sup>i</sup> buaireamaid. <sup>l</sup> Dia. <sup>m</sup> mhilltear. <sup>n</sup> rabhaidh. <sup>o</sup> nan linn.  
<sup>p</sup> buaireadh, cruaidh-fheuchainn, dearbhadh. <sup>r</sup> cumanta. <sup>s</sup> bhuilinn.  
<sup>t</sup> tarbhach. <sup>u</sup> fharraid.

27 Ma bheir aon neach dhiubhsan nach 'eil 'nan creidmhuich cuireadh dhuibh, agus gur toil leibh dol maille ris; ithibh gach nì a chuirear roimh-ibh, gun nì sam bith fheòruich air son coguis.

28 Ach ma deir duine sam bith ribh, Dh'ìobradh an nì so do ìodhol-afbh, na ithibh, air a shonsan a nochd dhuibh e, agus air son coguis<sup>a</sup>. [Oir is leis an Tighearn an talamh, agus a làn.

29 Air son coguis deiream, cha'n i do choguis féin, ach coguis an neach ud eile: oir c'ar son a bheirear breth air<sup>b</sup> mo shaorsasa le coguis duin eile?

30 Oir, ma tha comhpairt bìdh agamsa tre ghràs, c'ar son a labhrar òle umam a thaobh an nì sin air son am bheil mi a' toirt buidheachais?

31 Uime sin cò aca dh'itheas no dh'òlas sibh, no ge b'e nì a nì sibh, deanaibh na h-uile nìthe chum glòire Dhé.

32 Na tugaibh aobhar oilbheim do na h-Iudhachaibh, no do na Greug-achaibh, no do eaglais Dé:

33 A réir mar a ta mise a' deanamh toile nan uile dhaoine anns na h-uile nithibh, gun bhi 'g iarraidh mo bhuannachd féin, ach buannachd mhòrain, chum gu slànuichear iad.

## C A I B. XI.

1 Tha e faotainn cron doibh, gu robh 'nan coimhthionail am fir a' deanamh ùrnuigh, agus an cinn air an còmh-dachadh, agus am mnàì gun chòmhdachadh air an cinn: 17 agus do bhrìgh gu robh gu coitcheionn an cruinneachadh nì h-ann chum maith, ach chum uillc; gu sonraichte, air son gu robh iad le'm fèisdibh féin a' mì-naomhachadh suipeir an Tighearna, &c.

**B**ITHIBHSE 'nar luchd-leanmhuinn ormsa<sup>c</sup>, mar amhuil a ta mise air Crìosd.

2 A nis molam sibh, a bhràithre, do bhrìgh gu bheil cuimhne agaibh ormsa anns na h-uile nithibh, agus gu bheil sibh a' coimhead nan ord-

uighean, mar a thug mise dhuibh iad.

3 Ach bu mhiann leam fios a bhi agaibh, gur e Crìosd ceann gach fir, agus gur e am fear ceann na mnà, agus gur e Dia ceann Chrìosd.

4 Gach fear a ta deanamh ùrnuigh no fàidheadaireachd, agus folach air a cheann, tha e toirt eas-urraim d'a cheann.

5 Ach gach bean a ta [deanamh ùrnuigh no fàidheadaireachd gun fholach air a ceann, tha i toirt eas-urraim d'a ceann: oir is ionann sin agt<sup>s</sup> ge do bhiodh i air a bearradh.

6 Oir mur bi folach air ceann na mnà, bearrar i mar an ceudna: ach ma's granndad do mhnaoi i bhi air a bearradh no air a lomadh, cuireadh i folach oirre.

7 Oir gun amharus cha chòir do fhear a cheann a chòmhdachadh<sup>e</sup>, do bhrìgh gur h-e ìomhaigh agus glòir Dhé: ach is i a' bhean glòir an fhir.

8 Oir cha 'n'eil am fear o'n mhnaoi, ach a' bhean o'n fhear.

9 Agus nìor chruthaich eadh am fear air son na mnà, ach a' bhean air son an fhir.

10 Uime sin is còir do'n mhnaoi cumhachd<sup>f</sup> a bhi aice air a ceann, air son nan aingeal.

11 Gidheadh, cha 'n'eil am fear as eugmhais na mnà, no a' bhean as eugmhais an fhir anns an Tighearn.

12 Oir mar a ta a' bhean o'n fhear, is amhuil sin a ta 'm fear tre'n mhnaoi mar an ceudna: ach is ann o Dhia ta na h-uile nìthe.

13 Measaibh annaibh féin: am bheil e ciatfach do mhnaoi ùrnuigh a dheanamh ri Dia gun fholach air a ceann.

14 Nach 'eil nàdur féin a' teagasg dhuibh, ma bhios gruag fhada air fear, gur nàr dha e?

15 Ach ma bhios gruag fhada air mnaoi, is glòir dh'i e: oir thugadh a gruag dh'i air son còmhdaich<sup>g</sup>.

16 Ach ma bhios neach air bith connspoideach, cha 'n'eil a leithid sin

<sup>a</sup> coimh-fhios, coinsiens. <sup>b</sup> a' dhìtear. <sup>c</sup> air m'eisiomplairse. <sup>d</sup> grànna.

<sup>e</sup> fholach. <sup>f</sup> 'se sin r'a ràdh folach, a leigeil fhaicinn gu bheil i fa chumhachd a fir. <sup>g</sup> folaich.



do ghnàthachadh againne, no aig eag-laisibh Dhé.

17 A nis anns an nì so a chuiream an céill *duibh*, cha mhol mi *sibh*, do bhrìgh gu bheil sibh a' teachd an ceann a chéile cha'n ann chum an nì a's fearr, ach an nì a's measa.

18 Oir air tùs, air cruinneachadh dhuibh an ceann a chéile san eaglais, tha mi cluinntinn gu bheil roinnean<sup>h</sup> 'nar measg; agus tha mi an cuid 'ga chreidsinn.

19 Oir is éigin saobh-chreidimh i a bhi eadaruibh, chum gu'n deanar follaiseach an dream a ta dearbhtha 'nar measg.

20 Uime sin an uair a thig sibh an ceann a chéile do aon àit, cha'n e sin suipeir an Tighearna itheadh.

21 Oir ithidh gach aon air tùs a shuipeir féin, agus a ta neach ocrach, agus neach eile air mhisg.

22 An e nach 'eil tighèan agaibh chum itheadh agus òl annta? no am bheil sibh a' deanamh tàir' air eaglais Dé, agus a' nàrachadh na muinntir aig nach 'eil? Ciod a deiream ribh? Am mol mi sibh anns a' *chùis* so? cha mhol.

23 Oir fhuair mise o'n Tighearn an nì mar an ceudna a thug mi dhuibhse, Gu'n do ghlac an Tighèarn Iosa aran, anns an oidhche an do bhrathadh e:

24 Agus air breith buidheachais, bhris se e, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh; is e so mo corp, a ta air a bhriseadh<sup>l</sup> air bhur sonsa: deanaibh so chum cuimhne ormsa<sup>m</sup>.

25 Agus air a' mhodh cheudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e an cupan so an coimhcheangal<sup>n</sup> nuadh ann am fhuilse: deanaibhse so, cia minic as a dh'òlas sibh e, chum cuimhne ormsa.

26 Oir cia minic as a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an d'thig e.

27 Uime sin, ge b'e neach a

dh'itheas an t-aran so, agus<sup>o</sup> a dh'òlas cupan so an Tighearna gu neo-iomchuidh, bithidh e ciontach do chorp agus do fhuil an Tighearna.

28 Ach ceasnuicheadh<sup>p</sup> duine e féin, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so:

29 Oir ge b'e dh'itheas agus a dh'òlas gu neo-iomchuidh, tha e 'g itheadh agus ag òl breitheanais dha féin, do bhrìgh nach 'eil e a' deanamh aithneadh air corp an Tighearna<sup>r</sup>.

30 Air a shon so tha mòran 'nar measg lag agus tinn, agus tha mòran 'nan codal.

31 Oir nan d'thugamaid breth oirnn fein, cha d'thugtadh breth oirnn.

32 Ach an uair a bheirear breth oirnn, tha sinn air ar smachdachadh leis an Tighearn, chum nach bitheamaid air ar dètheadh maille ris an t-saoghal.

33 Uime sin, mo bhràithre, 'nuair a thig sibh an ceann a chéile, chum itheadh, fanaibh r'a chéile.

34 Agus ma bhios ocras air aon neach, itheadh e aig an tigh; chum nach d'thig sibh an ceann a chéile gu breitheanas<sup>s</sup>. Agus cuiridh mise gach nì eile an ordugh 'nuair a thig mi.

## C A I B. XII.

1 Tha tiodhlacan spioradail iomadach thaobh gnè, 7 gidheadh a ta iad uile gu tairbhe. 8 agus chum na criche so air an tabhairt air caochladh dòigh: 12 chum a réir mar a tà buill a' chuirp nàdurra uile chum 16 maise, 22 agus seirbhis an aon chuirp; 27 mar sin gu bitheamaidne d'a chéile, a dheanamh suas cuirp dhìomhair Chrìosd.

**A** NIS a thaobh nìthe<sup>t</sup> spioradail, a bhràithre, cha'n àill leam sibh bhi aineolach.

2 Tha fios agaibh gu robh sibh 'nar Cinnich, air bhur tarruing gu

<sup>h</sup> eas-aonachda, sgaraidh. <sup>i</sup> saobh-bharailean, éiriceachd. <sup>l</sup> air a thabhairt. <sup>m</sup> mar chuimhneachan ormsa. <sup>n</sup> tiomnadh. <sup>o</sup> no. <sup>p</sup> dearbhadh. <sup>r</sup> deanamh eadar-dhealachaidh eadar corp an Tighearna agus biadh eile. <sup>s</sup> chum dìtidh. <sup>t</sup> thiodhlaca.

iòdhlaibh balbha, a réir mar a threòraicheadh sibh.

3 Uime sin tha mi toirt fios duibh, nach abair duine sam bith a tha labhairt o Spiorad Dé, gu bheil Iosa mallaichte: agus nach urradh duine sam bith a ràdh gur e Iosa an Tigh-earn, ach trid an Spioraid naoimh.

4 A nis tha eadar-dhealachadh thiodhlaca ann, ach *cha 'n' eil ach* aon Spiorad ann.

5 Agus tha eadar-dhealachadh frithealaidh<sup>u</sup> ann, gidheadh *cha 'n' eil ach* aon Tighearn ann.

6 Agus tha eadar-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is e an t-aon Dia, a tha 'g oibreachadh nan uile *nithe* anns na h-uile.

7 Ach a ta foillseachadh an Spioraid air a thoirt do gach neach, chum tairbhe.

8 Oir do aon duine tha focal a' ghliocais air a thoirt leis an Spiorad; agus do dhuin' eile focal an còlais leis an Spiorad cheudna;

9 Do neach eile creidimh leis an Spiorad sin féin; do dhuin' eile tabhartas leighis trid an Spioraid cheudna;

10 Do neach eile oibreachadh mhìorbhuile; do neach eile fàidhead-aireachd; do neach eile aithneachadh spiorad; do neach eile *iomadh* gnè theanga; agus do neach eile eadar-mhìneachadh theanga.

11 Ach na nithe sin uile tha an t-aon Spiorad ceudna ag oibreachadh, a' roinn ris gach aon fa leth a réir mar is àill leis.

12 Oir mar is aon an corp, agus mòran do bhallaibh aige, agus a ta uile bhuill an aon chuirp sin, ge h-iomadh iad, 'nan aon chorp; mar sin a ta Crìosd.

15 Oir trid aon Spioraid bhaisteadh sinn uile do aon chorp, ma's Iudhaich sinn no Greugaich, ma's daor no saor sinn; agus thugadh deoch r'a h-òl duinn uile chum aon Spioraid.

14 Oir cha'n aon bhall an corp, ach mòran.

15 Ma deir a' chos, Do bhrìgh nach mi an làmh, cha'n ann do'n chorp mi; nach 'eil i do'n chorp air a shon sin?

16 Agus ma deir a' chluas, Do bhrìgh nach mi an t-sùil, cha'n ann do'n chorp mi; nach ann do'n chorp i air a shon sin?

17 Nam *biodh* an corp uile 'na shùil, c'ait am *biodh* a' chlaisteachd? Nam *biodh* e uile 'na chlaisteachd, C'ait am *biodh* am boladh?

18 Ach a nis shuidhich Dia na buill gach aon diubh sa' chorp, mar bu toil leis.

19 Agus nam *biodh* iad uile 'nan aon bhall, c'ait am *biodh* an corp.

20 Ach a nis *tha iad* 'nam mòran bhall, ge nach 'eil ann ach aon chorp.

21 Agus cha'n urradh an t-sùil a ràdh ris an làmh, Cha 'n' eil feum agam ort: no a ris, an ceann ris na cosaibh, Cha 'n' eil feum agam oirbhe.

22 Ach gu ro mhòr nì's mò tha na buill sin do'n chorp, a's annhuinne<sup>a</sup> thaobh còlais, feumail.

23 Agus air na *buill* sin do'n chorp a's lugha urram 'nar meas-ne, tha sinn a' cur an tuilleadh urrainn, agus na *buill* sinn dhinn a's lugha maise, tha aca sin gu ro mhòr an tuilleadh maise.

24 Oir air na *buill* mhaiseach againn cha 'n' eil uireasbhuidh: ach rinn Dia an corp a chomb-churnadh r'a chéile, air dha an tuilleadh urrainn gu mòr a thoirt do'n *chuid* air an robh uireasbhuidh:

25 Chum nach *biodh* easaonachd air bith sa' chorp; ach gu'm *biodh* an t-aon chùram aig na buill d'a chéile.

26 Agus ma dh'fhuilgeas aon bhall, comh-fhuilgidh na buill uile: no ma gheibh aon bhall urram, nì na buill uile gairdeachas maraon ris.

27 A nis is sibhse corp Chrìosd, agus is buill sibh fa leth.

28 Agus chuir Dia dream àraidh san eaglais, air tùs abstola, san dara àit fàidhean, san treas àit luchd-teagaisg, a ris mìorbhuilean, 'na dhèigh sin tabhartais leighis, luchd-cuideachaidh, uachdaranachda, iomadh gnè theanga.

29 Am bheil na h-uile 'nan abstol-

<sup>u</sup> mhinistireilachd, dhreuchd. <sup>a</sup> laige.



aibh? *Am bheil na h-uile 'nam fàidhibh?* *Am bheil na h-uile 'nan luchd-teagaisg?* *Am bheil na h-uile 'nan luchd-deanarah mhiorbhuile?*

50 *Am bheil aig na h-uile tabhartais leighis?* *An labhair na h-uile le teangaibh?* *An dean na h-uile eadar-theangachadh?*

51 *Ach biodh miann dùrachdach nan tìodhlac a's fearr oirbh:* agus gìdheadh nochdamsa dhuibh slighe a's ro-fhearr.

### C A I B. XIII.

1 *Cha 'n'eil brìgh sam bith anns na tìodhlacaibh uile, d'am feabhas, as eugmhais a' ghràidh:* 4 *A chlàsan, 13 agus a bharrachd air dòchas agus creidimh.*

**G**E do labhrainn le teangaibh dhaoine, agus aingeal, agus gun ghràdh agam, tha mi a'm' umha<sup>c</sup> a ni fuaim, no a'm' chiombal a ni gleangarsaich.

2 Agus ge do robh agam fàidheadaireachd, agus ge do thuiginn na h-uile rùna-dìomhair, agus gach uile eòlas; agus ge do bhiodh agam gach uile ghné creidimh, ionnas gu'n atharraichinn sléibhte, agus mi gun ghràdh agam, cha 'n'eil annam ach neo-ni.

3 Agus ge do chaithinn mo mhaoine uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ge do bheirinn mo chorp ehum a losgaidh, agus gun ghràdh agam, cha 'n'eil tairbhe sam bith dhomh ann.

4 Tha an gràdh fad-fhulangach, agus caoimhneil; cha ghabh an gràdh farmad; cha dean an gràdh raiteachas, cha 'n'eil e air a shéideadh suas,

5 Cha ghillain se e féin gu mi-ehiatfach, cha'n iarr e na nithe sin a bhuineas da féin, cha 'n'eil e so-bhrosnachaidh chum feirge, cha smuainich e olc sam bith.

6 Cha dean e gairdeachas san eucoir, ach ni e gairdeachas san fhìrinn:

7 Fuilgidh e na h-uile nithe, creididh e na h-uile nithe, bithidh

sùil e aige ris na h-uile nìthibh, giùlainidh e na h-uile nithe.

8 Cha d'théid an gràdh air cùl a choidhch: ach ma's fàidheadaireachda ta ann, théid iad air cùl; ma's teangaidh, sguiridh iad; ma's eòlas, cuirear air cùl e.

9 Oir a ta eòlas againn ann an cuid, agus tha sinn ri fàidheadaireachd ann an cuid.

10 Ach an uair a thig an nì a ta iomlan, cuirear air cùl an nì sin nach 'eil ach ann an cuid.

11 'Nuair a bha mi a'm' leanaban, labhair mi mar leanaban, thuig mi mar leanaban, reusonaich<sup>f</sup> mi mar leanaban: ach air fàs domh a'm' dhuine, chuir mi na nithe leanabaidh air cùl.

12 Oir tha sinn a'faicinn san àm so gu dorch a tre ghloin<sup>g</sup>; ach an sin chi sinn aghaidh ri h-aghaidh: san àm so is aithne dhomh ann an cuid; ach an sin aithnichidh mi eadhon mar a ta aithneadh orm.

13 Agus a nis fanaidh creidimh, dòchas<sup>h</sup>, gràdh, na tri nithe so; ach is e'n gràdh a's mò dhiubh so.

### C A I B. XIV.

1 *Tha e moladh fàidheadaireachd, 2 agus a' toirt urraim dh'i roimh labhairt le teangaibh, 6 le cosamhlachd air a thoirt o innealaibh-cìùil:* 12 *is còir an gnàthachadh faraon, chum togail suas na h-eaglais, 22 mar a' chrìoch sin agus an d'orduicheadh iad. 26 Tha fìor-fheum gach aon diubh air a theagasg, &c.*

**L**EANAIBH gràdh, agus biodh mòr mhianni thiodhlaca spioradail oirbh, ach gu ma mò bhur togradh gu'n deanadh sibh fàidheadaireachd.

2 Oir an ti a labhras an an teangaidh choimhich<sup>l</sup>, ni h-ann ri daoineibh a labhras e, ach ri Dia: oir cha 'n'oil neach sam bith 'ga thuigsinn; ge do tha e anns an Spiorad a' labhairt rùna-dìomhair.

3 Ach an ti a tha deanarah fàidheadaireachd, tha e a' labhairt ri

b seirc. c phrais. d còmhdaichidh, folaicidh. e dòchas, earbsa. f smuainich. g ann an sgàthan. h earbsa. i dhéidh, iarrtus. l choigrich.

daoinibh chum togail suas<sup>m</sup>, agus chum earail, agus chum comhfhurtachd.

4 An ti a ta labhairt an teangaidh *choimhich*, tha e 'ga thogail féin suas: ach an ti a ni fàidheadaireachd, tha e togail suas na h-eaglais.

5 Bu mhaith leam gu labhradh sibh uile le teangaibh, ach b'fhearr leam sibh a dheanamh fàidheadaireachd, oir is mò an ti a ni fàidheadaireachd, na an ti a labhras le teangaibh, mur eadar-theangaich e<sup>n</sup>, chum gu faigheadh an eaglais fhòghlum.

6 A nis a' bhràithre, ma thig mi d'ar ionnsuidh a' labhairt le teangaibh, ciod an tairbhe a ni mi dhuibh, mur labhair mi ribh am foillseachadh, no an eòlas, no am fàidheadaireachd, no an teagasg?

7 Air an doigh cheudna na nithe gun anam a ni fuaim, ma's pìob no clàrsach, mur dean iad eadar-dhealachadh 'nam fuaimibh, cionnus a thuigear an ni a sheinnear air a' phìob no air a' chlàrsaich?

8 Oir ma bheir a' ghall-tromp fuaim neo-chinnteach uaipe<sup>o</sup>, cò a dh'ulluicheas e féin chum a' chatha?

9 Is amhuil sin sibhse, mur labhair sibh leis an teangaidh briathra so-thuigsinn, cionnus a dh'aithnichear an ni a labhras? oir is ann ris an athar a labhras sibh.

10 Tha, feudaidd e bi, an uiread do ghuthannaibh<sup>p</sup> san t-saoghal, agus cha 'n'eil a h-aon diubh gun bhlagh<sup>r</sup>.

11 Uime sin mur tuig mi brigh a' ghutha, bithidh mi do'n ti a labhras borb<sup>s</sup>; agus bithidh an ti a labhras, borb dhomhsa.

12 Mar sin mar an ceudna sibhse, do bhrìgh gu bheil déigh agaibh air tiodhlacaibh spioradail, iarraibh sibh féin a thoirt barrachd chum togail suas<sup>t</sup> na h-eaglais.

13 Uime sin an ti a labhras ann an teangaidh *choimhich*, guidheadh e gu'n deanadh e eadar-theangachadh.

14 Oir ma ni mise ùrnuigh ann

an teangaidh *choimhich*, tha mo spiorad a' deanamh ùrnuigh, ach tha mo thuigse neo-tharbhach.

15 Ciod ma seadh? ni mi ùrnuigh leis an spiorad, agus ni mi ùrnuigh leis an tuigse mar an ceudna: seinnidh mi leis an Spiorad, agus seinnidh mi leis an tuigse mar an ceudna.

16 No 'nuair a bheannuicheas tu leis an spiorad, cionnus a deir an ti a tha ann an àit an duine gun fhòghlum, Amen ri d' bhrèith-buidheachais, o nach aithne dha an ni a deir tu?

17 Oir gu deimhin a ta thusa toirt buidheachais gu maith, gidheadh cha 'n'eil an neach eile air a thogail suas<sup>u</sup>.

18 Bheiream buidheachas do m' Dhia, gu'n labhras le teangaibh tuilleadh na sibh uile:

19 Ach b'fhearr leam cùig focail a labhairt san eaglais le m' thuigse, chum gu teagaisginn daoine eile mar an ceudna, na deich mìle focal ann an teangaidh *choimhich*.

20 A bhràithre, na bithibhse 'nar leanabaibh an tuigse: gidheadh, ann am mìorun<sup>a</sup> bithibh 'nar leanabaibh, ach ann an tuigse bithibh 'nar daoine foirfe.

21 Tha e sgrìobhta san lagh, Labhraidh mi ris a' phobull so ann an teangaibh eile, agus am bilibh eile: gidheadh an déigh sin uile cha'n éisd iad rium, a deir an Tighearn.

22 Uime sin a ta teanganna coimheach 'nan comhara, ni h-ann do'n droing a ta creidsinn, ach dhoibhsan a ta mi-chreideach: ach a ta fàidheadaireachd ni h-ann air an sonsan nach 'eil a' creidsinn, ach air an sonsan a tha creidsinn.

23 Uime sin ma chruinnicheas an eaglais uile san aon àit, agus ma labhras iad uile le teangaibh coimheach agus gu'n d'thig droing a ta gun fhòghlum a steach, no daoine mi-chreideach, nach abair iad gu bheil sibh air a' chuthachb?

24 Ach ma ni iad uile fàidheadaireachd, agus gu'n d'thig duine gun clireidimh a steach, no neach a

<sup>m</sup> fhòghlum, teagaisg. <sup>n</sup> mur eadar-theangaich neach. <sup>o</sup> uaithe.

<sup>p</sup> chainntibh, chànanibh. <sup>r</sup> bhrìgh, seadh. <sup>s</sup> fiadhaich, barbarra.

<sup>t</sup> fhòghlum. <sup>u</sup> air fhòghlum. <sup>a</sup> droch mhèin, olc. <sup>b</sup> air mhi-chéill, air boile.



ta gun fhòghlum, cronuichear<sup>c</sup> e leis na h-uile, agus bheirear breth air leis na h-uile:

25 Agus mar sin a ta nithe folaichte a chridhe air am foillseachadh; agus mar sin, air dha tuiteam air aghaidh, ni e aoradh do Dhia, ag aithris<sup>d</sup> gu bheil Dia gu fìrinneach annaibhse.

26 Ciod e sin ma ta, a bhràithre? air teachd an ceann a chéile dhuibh, tha salm, tha teagasg, tha teanga, tha foillseachadh, tha eadar-theangachadh, aig gach aon agaibh. Deanar na h-uile nithe chum fòghluim<sup>d</sup>.

27 Ma labhras aon neach ann an teangaidh *choimhich*, labhradh dithis, no air a' chuid a's mò triuir, agus sin an déigh a chéile; agus deanadh a h-aon eadar-theangachadh.

28 Ach mur bi eadar-theangair ann, fanadh e<sup>e</sup> na thosd san eaglais; no labhradh e ris féin, agus ri Dia.

29 Labhradh dithis no triuir do na fàidhibh, agus thugadh a' chuid eile breth.

30 Ach ma dh'fhoillsichear<sup>e</sup> ni do neach eile a tha 'na shuidhe, biodh an ceud *dhuine* 'na thosd.

31 Oir feudaidd sibh uile fàidheadaireachd a dheanamh gach aon an déigh a chéile, chum's gu faigh na h-uile fòghlum, agus na h-uile comhlifhurtachd.

32 Agus a ta spiorad<sup>f</sup> nam fàidh ùmhal do na fàidhibh.

33 Oir cha'n e Dia *ùghdair* na mi-riaghailt<sup>g</sup> ach na sìth, mar ann an eaglaisibh nan naomh uile.

34 Biodh bhuir mnàì 'nan tosd sna h-eaglaisibh; oir cha 'n'eil e cead- aichte dhoibh labhairt: ach *is còir dhoibh* bhi ùmhal, mar a deir an lagh mar an ceudna.

35 Agus ma's miann leo ni sam bith fhòghlum, feòraicheadh iad d'am fearaibh féin aig an tigh e: oir is mi-ehiatfach do mhnàibh labhairt san eaglais.

36 An ann uaibhse thainig focal Dé a mach? no an ann d'ar n-ionnsuidhse a mhàin a thainig e.

37 Ma shaoileas duine sam bith<sup>h</sup>

gur fàidh, no gur duine spioradail e féin, aidicheadh e na nithe a scribeamsa d'ar n-ionnsuidh, gur h-iaid àitheantan an Tighearna.

38 Ach ma ta neach sam bith aineolach, biodh e aineolach.

39 Uimesin, a bhràithre, biodh ro-thogràdh agaibh air fàidheadaireachd a dheanamh, agus na bacadh labhairt le teangaibh.

40 Deanar na h-uile nithe gu deadh-mhaiseach, agus a réir orduigh.

### C A I B. XV.

1 O aiseirigh Chrìosd, 12 tha e dearbhadh gu'n éirich sinne, an aghaidh na muinntir sin a tha 'g àicheadh aiseirigh na colla: 21 Toradh, 35 agus dòigh na h-aiseirigh, 51 agus caochladh na muinntir sin a gheibhear beo, air an là dheireannach.

**O**S barr, a bhràithre, cuiream an céill duibh an soisgeul a shearmonaich mi dhuibh, ris an do ghabh sibhse mar an ceudna, agus anns am bheil sibh 'nar seasamh;

2 Trid mar an ceudna am bheil sibh air bhuir tearnadh, ma chumas sibh gu daingeani an ni a shearmonaich mi dhuibh, mur do chreid sibhse gu dìomhain.

3 Oir thug mi dhuibh air tùs an ni a fhuair mi mar an ceudna, Gu'n d'fhuair Chrìosd bàs air son ar peacaidh a réir nan scriobtuir:

4 Agus gu'n d'adhlacadh e, agus gu'n d'éirich e a ris air an treas là a réir nan scriobtuir:

5 Agus gu facas e le Cephas, 'na dhéigh sin leis an dà fhear dheug.

6 'Na dhéigh sin, chunncas e le tuilleadh as cuig ceud bràthair air aon àm; d'am bheil a' chuid a's mò beo gus a nis, ach a ta cuid *dhuibh* 'nan còdal.

7 'Na dhéigh sin, chunncas e le Seumas; agus a ris leis na h-abstol- aibh uile.

8 'Nan déigh uile chunncas leamsa e mar an ceudna, mar neach a rugadh an an-àm.

<sup>c</sup> spreagar, comhairlichear. <sup>d</sup> ag innseadh, a' foillseachadh. <sup>e</sup> togail suas. <sup>f</sup> tiodhlaca spioradail. <sup>g</sup> eas-orduigh, tuairgne. <sup>h</sup> Ma tha duine sam bith cinnteach. <sup>i</sup> ma ghleidheas sibh air chuimhne.

9 Oir is mi a's lugha do na h-abstolaibh, nach fhu abstol a ghairm dhìom, do bhrìgh gu'n robh mi a' geur-leanmhuinn eaglais Dé.

10 Ach tre ghràs Dé is mi an nì a's mi: agus cha robh a ghràs, a bhuilicheadh orm, gun bhrìgh; ach shaothraich mi nì's pailte na iad uile; gidheadh cha mhise, ach gràs Dé a bha maille rium.

11 Uime sin cò air bith iad *dhinn*, mise no iadsan, is ann mar so a tha sinne a' searmonachadh, agus is ann mar so a chreid sibhse.

12 A nis ma shearmonaichear Crìosd gu'n d'éirich e o na marbhaibh, cionnus a deir cuid 'nar measg-sa, Nach 'eil aiseirigh nam marbh ann?

13 Ach mur 'eil aiseirigh nam marbh ann, nì mò a dh'éirich Crìosd.

14 Agus mur d'éirich Crìosd, gu deimhin is dìomhain ar searmoin-ne, agus is dìomhain bhur creidimhse mar an ceudna.

15 Seadh fhuaradh sinne 'nar fianuisibh bréige air Dia; do bhrìgh gu'n d'rinn sinn fianuis a thaobh Dhé, gu'n do thog e suas Crìosd: neach nach do thog e suas, mur éirich na mairbh.

16 Oir mur éirich na mairbh, nì mò a dh'éirich Crìosd:

17 Agus mur d'éirich Crìosd, tha bhur creidimhse dìomhain; tha sibh fathast am bhur peacaibh.

18 Mar sin mar an ceudna tha an droing a choidil ann an Crìosd, caillte.

19 Ma's anns a' bheatha so a mhàin a tha dòchas againn ann an Crìosd, is sinn a's truaighe do na h-uile dhaoibh.

20 Ach a nis tha Crìosd air éirigh o na marbhaibh, agus rinneadh an ceud thoradh dhuibhsan a choidil dech.

21 Oir mar is ann tre dhuine *thàin-ig* am bàs, is ann tre dhuine *thig* aiseirigh nam marbh mar an ceudna.

22 Oir mar ann an Adhamh, a ta na h-uile a' faghail a' bhàis, is amh-

uìl sin mar an ceudna a nìhear na h-uile beo ann an Crìosd.

23 Ach gach uile dhuine 'na ordugh féin: Crìosd an ceud thoradh, 'na dhéigh sin iadsan a's le Crìosd aig a theachd.

24 An sin *bithidh* a' chrìoch dheireannach, 'nuair a bheir e suas an rioghachd do Dhia, eadhon an t-Athair; 'nuair a chuireas e as dèl gach uile uachdaranachd, agus gach uile ùghdarras, agus chumbachd.

25 Oir is éigin gu'n rioghaich e, gus an cuir e a naimhdean uile fa chosaibh.

26 Sgrìosar an nàmhaid deireannach, am bàs.

27 Oir chuir e na h-uile nithe fa chosaibh. Ach an uair a deir e gun do chuir e na h-uile nithe fuidh, is nì follaiseach gu bheil esan a chuir na h-uile nithe fuidh, an leth muigh *dheth* so.

28 Agus an uair a chuirear na h-uile nithe fuidh, an sin bithidh am Mac féin fuidh 'n ti a chuir na h-uile nithe fuidh-san, chum gu'm bi Dia 'na uile anns na h-uile.

29 No cìod a nì iadsan, a bhaistear air son nam marbh, mur éirich na mairbh air aon dòigh? c'ar son ma seadh a bhaistear iad air son nam marbh?

30 Agus c'ar son a ta sinne an gàbhadh sgach uair?

31 Air bhur gàirdeachas-sa<sup>m</sup> a tha agam ann an Iosa Crìosd ar Tigh-earn, tha mi faghail a' bhàis gach là.

32 Ma chòmhraig<sup>n</sup> mi mar dhuine<sup>o</sup> ri fiadh-bheathaichibh ann an Ephesus, cìod i mo thairbhe, mur éirich na mairbh? itheamaid agus òlta-maid, oir am maireach gheibh sinn bàs.

33 Na meallar sibh: truaillidh droch chomhludair<sup>p</sup> deadh bheusa.

34 Dùisgibh chum fìreantachd<sup>r</sup>, agus na deanaibh peacadh; oir cha 'n'eil eòlas Dé aig cuid: chum bhur nàire labhran so.

35 Ach a deir neach éigin, Cionnus a dh'éireas na mairbh? agus cìod a' ghnè cuirp leis an d'thig iad?

36 Amadain, an nì sin a chuireas

<sup>l</sup> a chuireas e sìos. <sup>m</sup> a' ghairdeachas air bhur sonsa. <sup>n</sup> chog mi, chuir mi cath. <sup>o</sup> a réir guàtha dhaoine. <sup>p</sup> droch chomhradh. <sup>r</sup> gu ceart, gu cubhaidh.



tu, cha bheothaichear e, mur bàsaich e air tùs.

37 Agus an nì a chuireas tu, cha'n e an corp a bhitheas a ta thu cur, ach gràinne 'om, feudaidd e bi do chruineachd, no do sheòrta éigin eile.

38 Ach a ta Dia a' toirt cuirp dha mar bu toil leis, agus do gach uile shìol a chorp féin.

39 Cha'n aon fheòil gach uile fheòil: ach a ta feòil air leth aig daoineibh, agus feòil eile aig ainmhidh, feòil eile aig iasgaibh, agus feòil eile aig eumaitibh.

40 Agus a ta cuirp nèamhaidh ann, agus cuirp thalmhaidh: gidheadh a ta glòir air leth aig na corpaibh nèamhaidh, agus glòir eile aig na corpaibh talmhaidh.

41 Tha aon ghloir aig a' ghréin, agus glòir eile aig a' ghealaich, agus glòir eile aig na reultaibh; oir a ta eadar-dhealachadh eadar reult agus reult thaobh glòire.

42 Agus is ann mar sin a bhios aiseirigh nam marbh. Cuirear ann an truailidheachd e, togar ann an neo-thruailidheachd e.

43 Cuirear e ann an eas-urram, togar ann an glòir e: cuirear ann an anmhuinneachd e, éiridh e ann an cumhachd:

44 Cuirear e 'na chorp nàdurra, éiridh e 'na chorp spioradail. Tha corp nàdurra ann, agus corp spioradail.

45 Agus mar so tha e sgrìobhta, Rinneadh an ceud dhuine Adhamh 'na anam beo, an t-Adhamh deireannach 'na Spiorad a bheothaicheas.

46 Gidheadh cha'n e an nì spioradail a bha ann air tùs, ach an nì nàdurra; agus 'na dhéigh sin an nì spioradail.

47 An ceud duine o'n talamh, talmhaidh: an dara duine, an Tighearn o nèamh.

48 Mar an duine talmhaidh, is amhuil sin iadsan a tha talmhaidh: agus mar a ta an duine nèamhaidh, is ann mar sin iadsan a ta nèamhaidh.

49 Agus mar a ghiùlain sinn dealbh<sup>s</sup> an duine talmhaidh, giùlainidh sinn mar an ceudna dealbh an duine nèamhaidh.

50 A nis so a deiream, a bhràithre, nach feudar le feòil agus fuil rioghachd Dhé a shealbhachadh mar oighreachd; nì mò a shealbhaicheas truailidheachd neo-thruailidheachd.

51 Feuch, labhram nì dìomhair ribh; Cha choidil sinn uile, ach caochlaidhear sinn uile,

52 Ann an tiota<sup>t</sup>, am priobadh na sùl, ri guth na trompaide deireannaich, (oir séididh an trompaid) agus éiridh na maibh neo-thruailidh, agus caochlaidhear sinne.

53 Oir is éigin do'n chorp thruailidh so neo-thruailidheachd a chur uime, agus do'n chorp bhàsmhor so neo-bhàsmhorachd a chur uime.

54 Agus an uair a chuireas an corp truailidh so neo-thruailidheachd uime, agus a chuireas an corp bàsmhor so neo-bhàsmhorachd uime, an sin coimhionar am focal a ta sgrìobhta, Shluigeadh suas am bàs le buaidh.

55 O bhàis, c'àit am bheil do ghath? O uaigh, c'àit am bheil do bhuaidh?

56 Is e am peacadh gath a' bhàis; agus is e neart a' pheacaidh an lagh.

57 Ach buidheachas do Dhia, a tha toirt dhuinne na buadha, trid ar Tighearna Iosa Crìosd.

58 Uime sin, mo bhràithre gràdhach, bithibhse daingean, neo-ghnàsach, a' sìr-mheudachadh ann an obair an Tighearna, air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil bhuir saothair dìomhain anns an Tighearna.

### C A I B. XVI.

1 Tha e guidheadh orra suasgladh air uireasbhuidh nam bràithre bochda ann an Ierusalem; 10 a' moladh Thimoteus; agus an déigh comhairlean càirdeil, 16 a' crìochnachadh na litreach le iomadh fàilte.

**A** NIS a thaobh an tionail air son nan naomh, mar a dh'orduich mi do eaglaisibh Ghalatia, mar sin deanaibhse mar an ceudna.

2 Air ceud là gach seachdain, cuireadh gach aon agaibh nì leis féin anns an ionmhas<sup>u</sup>, a réir mar a

<sup>s</sup> ìomhaigh, dreach, coslas, <sup>t</sup> platha, mìonaid.

<sup>u</sup> taisgeadh gach aon agaibh làimh ris ann an stòr.

shoirbhich leis, chum nach bi tionail r'an deanamh 'nuair a thig mise.

3 Agus an uair a thig mi, cò air bith iad a mholas sibh le'r litrichibh, cuiridh mi iadsan a ghiùlan bhur tabhartais gu Hierusalem.

4 Agus ma's iomchuidh mise a dhol mar an ceudna, théid iadsan a'm' chuideachd.

5 Agus thig mi d'ar n-ionnsuidhse, 'nuair a théid mi tre Mhacedonia: (oir tha mi dol tre Mhacedonia.)

6 Agus feudaidd e bi gu'm fan mi, no eadhon gu'n caith mi an geamhradh maille ribh, chum's gu'n d'thoir sibh air m'aghaidh mi, ge b'e àit d'an d'théid mi.

7 Oir cha'n àill leam bhur faicinn a nis san dol seachad, ach tha dùil agam fantuinn rè tamuill maille ribh, ma leigeas an Tighearn dhomh.

8 Ach fanaidh mi ann an Ephesus gu Cuingeis.

9 Oir dh'fhosgladh dorus mòr agus éifeachdach dhomhsa, agus tha mòran eascairdean<sup>a</sup> ann.

10 A nis ma thig Timoteus, feuch-aibh gu'm bi e gun eagal maille ribh: oir tha e a' saothreachadh ann an obair an Tighearna, mar a ta mise.

11 Uime sin na deanadh neach sam bith tàir air: ach thugaibh air aghaidh e an sìth, chum's gu'n d'thig e a' m' ionnsuidhse: oir tha sùil agam ris maille ris na bràithribh.

12 Mu thimchioll ar bràthar Apollois, ghuidh mi gu dùrachdach air teachd d'ar n-ionnsuidhse maille ris na bràithribh: ach cha b'i a thoil air chor sam bith teachd san àm so;

ach thig e 'nuair a gheibh e àm iomchuidh.

13 Deanaibh faire, seasaibh gu daingean sa' chreidimh, bithibh fearailb, bithibh làidir<sup>c</sup>.

14 Biodh bhur n-uile nithe air an deanamh le gràdh.

15 Agus guidheam oirbh, a bhràithre, (o's aithne dhuibh teaghlach Stephanais, gur h-iad ceud thoradh Achaia, agus gu'n d'thug siad iad féin chum frithealaidh dó na naomhaibh.)

16 Gu'm bi sibh ùmhal d'an leithidibh sin, agus do gach aon a ni obair agus saothair maille ruinne.

17 Tha mi subhach ri teachd Stephanais, agus Fhortunatus, agus Achaicus: oir rinn iad suas an ni sin a bha dh'uireasbhuidh d'ar taobhsa.

18 Oir thug iad suaimhneas d'om' spioradsa, agus d'ar spioradsa: uime sin biodh meas agaibh air an leithidibh sin<sup>e</sup>.

19 Tha eaglaisean na h-Asia a' cur fàilte oirbh. Tha Aculla agus Priscilla, maille ris an eaglais a tha 'nan tigh, a' cur mòr fhàilte oirbh anns an Tighearn.

20 Tha na bràithrean uile a' cur fàilte oirbh. Cuiribhse fàilte air a chéile le pòig naomha.

21 Fàilte uamsa Pòl le m' làimh féin.

22 Ma tha neach sam bith nach gràdhach an Tighearn Iosa Crìosd, biodh e 'na Anatema, Maranata<sup>f</sup>.

23 Gu robh gràs an Tighearna Iosa Crìosd maille ribh.

24 Mo ghràdhsa maille ribh uile ann an Iosa Crìosd. Amen.

<sup>a</sup> luchd cur an aghaidh an t-soisgeil. <sup>b</sup> duineil. <sup>c</sup> neartaichibh sibh féin. <sup>d</sup> fois. <sup>e</sup> aithnichibh an leithide sin. <sup>f</sup> biodh e mall- uichte gu bràth.



## DARA LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN CORINTIANACH.

### C A I B. I.

3 Tha an t-abstol a' toirt misnich dhoibh an aghaidh thrìoblaid thaobh na comhfhurtachd agus an fhuasglaidh a thug Dia dhasan 'na uile thrìoblaidibh féin, 8 gu sonraichte 'na chunntar san Asia: 12 agus a' gairm an coguis-san, agus a choguis féin chum fianuis gu'n do shearmonaich e an soisgeul gu tréibhdhireach, &c.

**P**OL abstol Iosa Crìosd tre thoil Dé, agus Timoteus ar bràthair, chum eaglais Dé a ta an Corintus, maille ris na h-uile naoimh a ta ann an Achaia uile:

2 Gràs dhuibhse, agus sìothchaint o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tigh-earn Iosa Crìosd.

3 Beannuichte gu robh Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Crìosd, Athair nan tròcair, agus Dia na h-uile chomh-fhurtachd;

4 A tha toirt comhfhurtachd dhuinne 'nar n-uile àmhghar<sup>g</sup>, chum sinne bhi comasach air comhfhurtachd a thoirt dhoibhsan a ta ann an àmhghar sam bith, trid na comhfhurtachd leis am bheil sinn féin a' faotainn comhfhurtachd o Dhia.

5 Oir mar a ta fulangais Chrìosd<sup>h</sup> pailt annainne, is amhuil sin a ta ar comhfhurtachdne mar an ceudna pailte tre Chrìosd.

6 Agus ma tha sinn fuaidh àmhghar, is ann air son bhur comhfhurtachd agus bhur slàintese, a tha air a h-oibreachadh le sibh a dh'fhulang nam fulangas ceudna, a tha sinne a' fulang: no ma's comhfhurtachd dhuinn. is ann chum bhur comhfhurtachd agus bhur slàintese.

7 Agus a ta ar dòchas daingean d'ar taobhsa, do bhrìgh gu bheil fios againn, mar a ta sibh 'nar luchd-comhpairt do na fulangasaibh, gu'm bi sibh mar an ceudna do'n chomhfhurtachd.

8 Oir cha b'àill leinn, a bhràithre, sibhse bhi ain-fhiosrach mu thimchioll ar n-àmhghair a thachair dhuinne san Asia, gu'n do bhruthadh sinn gu ro mhòr thar ar neart, ionnas gu ròbh sinn fuaidh amharus eadhon mu'r beatha:

9 Ach bha againn binni ar bàis annainn féin, chum nach biodh againn dòigh annainn féin, ach ann an Dia a dhuisgeas na mairbh:

10 Neach a shaor sinne o bhàs co mòr, agus a ta 'gar saoradh; anns am bheil ar dòchas gu'n saor e sinn fathast:

11 Air dhuibhse bhi a' comh-oibreachadh le chéile ann an ùrnuigh air ar soinne, chum gu tugar buidheachas le mòran air ar soinne, a leth an tiodhlaic a thugadh dhuinne, tre mhòran.

12 Oir is e so ar gairdeachasne, fianuis ar coguis, gur ann an aon-fhillteachd<sup>l</sup> agus an tréibhdhìreas diadhaidh<sup>m</sup>, agus cha'n ann an gliocas feòlmhor, ach ann an gràs Dé, a chaith sinn ar beatha san t-saoghal, agus gu h-àraidh d'ar taobhsa.

13 Oir cha 'n'eil sinn a' scriobhadh nithe sam bith eile d'ar n-ionnsuidhse, ach nan nithe a ta sibh a' leughadh<sup>n</sup>, no a ta sibh ag aideachadh, agus a ta dùil agam a dh'aidich-eas sibh gus a' chrìoch;

14 Amhuil mar a dh'aidich sibh an càil, gur sinne bhur gairdeachas, mat

<sup>g</sup> thrìoblaid. <sup>h</sup> fulangais air son Chrìosd. <sup>i</sup> breth. <sup>l</sup> sìompluidheachd.

<sup>m</sup> an treibhdhìreas a's mò; treibhdhìreas Dhé. Gr. <sup>n</sup> a's aithne dhuibh.

is sibhse mar an ceudna ar gairdeachasne ann an là an Tighearn Iosa.

15 Agus anns a' mhuinighin so b'àill leamsa teachd d'ar n-ionnsuidh air tùs, ionnus gu faigheadh sibhse ath-ghràs<sup>o</sup>:

16 Agus gabhail uaibhse<sup>p</sup> gu Macedonia, agus teachd o Mhacedonia a ris d'ar n-ionnsuidhse, agus a bhi air mo thoirt air m'aghaidh leibhse san t-slighe gu Iudea.

17 Uime sin an uair a chuir mi so romham, an do ghnàthaich mi eutruimeachd<sup>r</sup>? no an ann a réir na feòla a ta mi cur romham, na nithe a a chuiream romham, ionnus gu biodh agam seadh, seadh, agus ni h-eadh, ni h-eadh?

18 Ach mar a ta Dia fìrinneach, cha b'e ar còmhraidh ribhse seadh, agus ni h-eadh?

19 Oir Mac Dhé Iosa Criosd, a shearmonuicheadh 'nar measgsa leinne, eadhon leamsa, agus le Siluanus, agus le Timoteus, cha robh e 'na sheadh agus 'na ni h-eadh, ach annsan bha seadh.

20 Oir geallanna Dhé uile annsan is seadh iad, agus annsan is amen iad, chum glòire Dhé d'ar taobhne.

21 A nis an ti a dhaingnicheas sinne maille ribhse ann an Criosd, agus a dh'ùng sinn, is e Dia:

22 Seadh mar an ceudna a chuir seula oirne, agus a thug dhuinn geall-daingnich<sup>s</sup> an Spioraid ann ar cridhibh.

23 Ach goiream Dia mar fhianuis air m'anam<sup>t</sup>, gur ann chum sibhse a chaomhnadh nach d'thainig mi fathast gu Corintus.

24 Cha'n e gu bheil againne tigh-earnas air bhur creidimhse, ach is luchd-cuideachaidh sinn d'ar n-aobhneas: oir is ann tre chreidimh a sheasas sibh.

## C A I B. II.

1 Air dha an reuson a chur an cèill air son nach d'thainig e d'an ionnsuidh, 6 tha e 'g iarraidh orra maitheanas agus comhfhurtachd a thoirt do'n duine a dhruideadh a

mach leo as an eaglais, 10 eadhon mar a thug e fèin mar an ceudna maitheanas da, air son fhìor aithreachais: &c.

A CH chuir mi so romham annam fèin, gun teachd a ris fuidh dhoilgheas d'ar n-ionnsuidh.

2 Oir ma ni mise doilich sibhse, cò e ma ta ni subhach mise ach an ti air an do chuireadh doilgheas leam?

3 Agus sgrìobh mi an ni so fèin d'ar n-ionnsuidh, chum air dhomh teachd, nach cuirte doilgheas orm leis a' mhuinntir sin o'm bu chòir dhomh aobhneas fhaotainn, air dhomh bhi muinghinneach asaibh uile, gur e m'aobhneas bhur n-aobhneas uile.

4 Oir a trioblaid mhòir agus cràdh cridhe, sgrìobh mi d'ar n-ionnsuidh le iomadh deur; cha'n ann chum gu'm biodh doilgheas oirbh, ach chum gu'm biodh fios agaibh air a' ghràdh a ta agam gu ro-phailte dhuibh.

5 Ach ma thug neach sam bith aobhar doilgheis, cha do chuir e doilgheas ormsa, ach an càil: chum nach cuirinn ro-uallach oirbh uile.

6 Is leoir d'a leithid sin do dhuine am peanas so, a leagadh air le mòran.

7 Ionnus air an làimh eile, gur mò is còir dhuibh maitheanas agus comhfhurtachd a thoirt da, air eagal gu'm biodh a leithid so do dhuine air a shlugadh suas le anabarra doilgheis.

8 Uime sin guidheam oirbh, gu'n daingnicheadh sibh bhur gràdh dha.

9 Oir is ann chum na criche so a sgrìobh mi d'ar n-ionnsuidh, chum gu'm biodh fios bhur dearbhaidh agam, am bheil sibh ùmhal anns na h-uile nithibh.

10 Ge b'e neach d'an toir sibh maitheanas ann an ni sam bith, bheireamsa mar an ceudna: oir ma thug mise maitheanas ann an ni sam bith, ge b'e d'an d'thug mi am maitheanas, is ann air bhur sonsa thug mi e, am fianuis Chriosd<sup>u</sup>;

11 Air eagal gu faigheadh Satan an cothrom oirnn le chuilbheartachd:

<sup>o</sup> ath-thiodhlacadh. <sup>p</sup> dol bhur rathadsa. <sup>r</sup> iomluas.

<sup>s</sup> earlas. <sup>t</sup> an aghaidh m'anama. <sup>u</sup> am pearsa.



oir cha 'n'eil sinn aineolach air inn-leachdaibh.

12 Os bàrr, 'nuair a thainig mi gu Troas chum soisgeul Chrìosd a *shearmonachadh*, agus a dh'fhosgladh dorus dhomh leis an Tighearn,

13 Cha robh fois agam ann mo spiorad, do bhrìgh nach d'fhuair mi Titus mo bhràthair: ach air gabhail mo chead diubh, dh'imich mi o sin do Mhacedonia.

14 A nis buidheachas do Dhia, a ta ghnàth a' toirt oirne buadhachadh ann an Chrìosd, agus a ta foillseachadh *deadh* àile eòlais féin leinne anns gach àit.

15 Oir tha sinne do Dhia 'nar n-àile cùbhruidh Chrìosd, anns an droing a shlànuichear, agus anns an droing a sgriosar<sup>a</sup>.

16 De'n aon droing *tha sinn* 'nar boltrach bàis chum bàis; agus do'n droing eile, 'nar boltrach beatha chum beatha: agus cò a ta foghainteach chum nan nithe so?

17 Oir cha 'n'eil sinne mar mhòran, a thruaillleas focal Dé: ach mar o thrèibhdhireas, ach mar o Dhia, tha sinn a' labhairt am fianuis Dé ann an Chrìosd<sup>b</sup>.

### C A I B. III.

1 *Air eagal gu'n cuireadh luchd-teagaisg bréige as a leth gu robh e deanamh uaill gu dìomhain, tha e a' nochdadh gu robh gràsa nan Corintianach 'nan aobhar molaidh d' a ministireileachd.* 6 *Air so tha e a' coimh-shìneadh ministeirean an lagha, agus an t-soisgeil r'a chéile,* &c.

**A**N tòisich sinn a rìs air sinn féin a mholadh? no am bheil feum againn, mar aig dream àraidh, air litrichibh molaidh d'ar n-ionnsuidhse, no air *litrichibh* molaidh uaibh?

2 Is sibhse ar litir-ne a ta scriobhta 'nar<sup>c</sup> cridhibh, air a h-aithneachadh agus air a leughadh leis na h-uile dhaoineibh.

3 *Air dha bhi follaiseach gur sibh litir Chrìosd, a fhrithealadh leinne, a*

tha air a scriobhadh cha'n ann le dubh, ach le Spiorad an Dé bheo; cha'n ann air clàraibh cloiche, ach air clàraibh feòlmhor a' chridhe.

4 Agus tha a leithid so dh'earbsa d againne tre Chrìosd thaobh Dhé.

5 Cha'n e gu bheil sinn foghainteach uainn féin chum ni sam bith a smuainteachadh<sup>c</sup> mar uainn féin: ach is ann o Dhia a ta ar foghainteachd;

6 A rinn sinne mar an ceudna 'nar ministeiribh foghainteach na tiomna-nuaidh<sup>f</sup>, cha'n ann do'n litir, ach do'n Spiorad: oir marbhaidh an litir, ach bheir an Spiorad beatha.

7 Ach ma bha ministireileachd<sup>g</sup> a bhàis, ann an scriobhadh air a ghearradh<sup>h</sup> air clachaibh, glòrmhor, ionnus nach b'urradh clann Israeil amharc gu geur air gnùis Mhaois, air son glòire a ghnùise, a chuireadh air cùl;

8 Cionnus nach mò na sin a bhios ministireileachd an Spioraid glòrmhor?

9 Oir ma bha ministireileachd an dithidh glòrmhor, is ro mhò na sin a bheir ministireileachd na fireantachd barrachd ann an glòir.

10 Oir eadhon an ni a rinneadh glòrmhor, cha robh glòir sam bith aige sa' chàs so, thaobh na glòire a tha toirt barrachd.

11 Oir ma bha an ni a chuireadh air cùl glòrmhor, is ro mhò na sin a ta an ni a bhuanachas glòrmhor.

12 Uime sin do bhrìgh gu bheil againn a shanail so do dhòchas<sup>i</sup>, tha sinn a' cleachdadh mòr dhànachd<sup>l</sup> cainnte.

13 Agus cha'n 'eil sinn mar Mhaois, a chuir folach air aghaidh, chum nach amhairceadh clann Israeil gu geur gu crìch an ni a chuireadh air cùl.

14 Ach dhalladh an inntinn: oir gus an là an diugh ann an leughadh na seann-tiomnaidh<sup>m</sup>, tha'm folach ceudna a' fantuinn gun atharrachadh, ni a chuireadh air cùl ann an Chrìosd.

15 Ach eadhon gus an là'n diugh

<sup>a</sup> a chaillear. <sup>b</sup> mu Chrìosd. <sup>c</sup> ann bhuir. <sup>d</sup> do dhòchas. <sup>e</sup> a mheas, a reusonachadh. <sup>f</sup> a' choimhcheangail nuaidh. <sup>g</sup> frithealadh. <sup>h</sup> ghràbhaidh. <sup>i</sup> earbsa. <sup>l</sup> shoilleireachd. <sup>m</sup> an t-seann-tiomnaidh.

'nuair a leughar Maois, tha am folach air an cridhe.

16 Gidheadh 'nuair a philleas e chum an Tighearna, togar am folach dheth.

17 A nis 'se an Tighearn an Spiorad sin: agus far am bheil Spiorad an Tighearna, tha saorsa an sin.

18 Ach air bhi dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag amharc mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-òmhàigh<sup>n</sup> ceudna, o ghlòir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna.

## C A I B. IV.

1 *Tha e cur an céill gu'n do shearmonaich e an soisgeul le dìchioll agus ann an tréibhdhireas; 7 agus cionnus a dh'òibrich na trioblaidéan agus an geur-leanmhuinn a dh'fhuiling e air a shon, chum cliù cumhachd Dhé, &c.*

**U**IME sin air do'n mhinistireil-eachd so bhi againn, a réir mar a fhuair sinn tròcair, cha 'n'eil sinn a' fannachadh<sup>o</sup>:

2 Ach chuir sinn cùl ri nithibh folaichte na nàire<sup>p</sup>, gun sinn bhi a' srubhal ann an ceilg, no a' truailleadh focail Dé, ach le foillseachadh na fìrinn, 'gar moladh féin do choguis nan uile dhaoine ann an sealladh Dhé.

3 Ach ma ta ar soisgeulne folaichte<sup>r</sup>, is ann doibhsan a ta caillte<sup>s</sup> tha e folaichte:

4 Anns an do dhall dia an t-saoghail so inntinn na droinge nach 'eil 'nan creidmhigh, air eagal gu'n dealraicheadh orra solus soisgeil ghlòrmhoir Chriosd, neach a's e òmhàigh Dhé,

5 Oir cha 'n'eil sinne 'gar searmonachadh féin, ach Iosa Criosd an Tighearn; agus sinn féin 'nar seirbhiseich dhuibhse air son Iosa.

6 Oir is e Dia a thubhairt ris an t-solus soillseachadh a dorchadas, a dhealraich ann ar cridhibhne, a thoirt solus eòlais glòire Dhé, ann an gnùis Iosa Criosd.

7 Ach a ta an t-ionmhas so againn ann an soithichibh creadha, chum gu'm bi oirdheirceas a' chumhachd o Dhia, agus cha'n ann uainne.

8 *Tha sinn fuidh thrioblaid air gach taobh, gidheadh cha 'n'eil sinn ann an teanntachd<sup>t</sup>; tha sinn ann an iom-chomhairle, gidheadh gun sinn ann an ea-dòchas;*

9 Air ar geur-leanmhuinn, gidheadh gun sinn air ar tréigsinn; air ar tilgeadh sìos, gidheadh gun sinn air ar sgrios;

10 A' giùlan a ghnàth bàsachaidh an Tighearna Iosa mu'n cuairt, anns a' chorp, chum gu biodh beatha Iosa mar an ceudna air a deanamh follaiseach ann ar corpne.

11 Oir tha sinne a tha beo, a ghnàth air ar toirt chum bàis air son Iosa, chum gu biodh mar an ceudna beatha Iosa air a deanamh follaiseach 'nar feoil bhàsmhoirne.

12 Uime sin tha bàs ag oibreachadh annainne, ach beatha annaibhse.

13 Air dhuinn an spiorad creidimh sin féin a bhi againn, a réir mar a ta e scriobhta, chreid mi, agus uime sin labhair mi: tha sinne a' creidsinn mar an ceudna, agus uime sin tha sinn a' labhairt;

14 Air dhuinn fios a bhi againn, an ti a thog suas an Tighearn Iosa, gu'n tog e sinne suas mar an ceudna trid Iosa, agus gu'n cuir e 'na làthair sinn maille ri bhe.

15 Oir tha na h-uile *nithe* air bhuirsonsa, chum gu biodh an gràs a tha saibhir, tre bhuidheachas mhòrain, ro phailte chum glòire Dhé.

16 Uime sin cha 'n'eil sinn a' fannachadh, ach ge do thruaillear ar duine o'n leth muigh, gidheadh tha an duine o'n leth stigh air ath-nuadhachadh o là gu là.

17 Oir a ta ar n-àmhghar eutrom, nach 'eil ach rè sealain<sup>u</sup>, ag oibreachadh dhuinne trom chudthrom glòire a ta ni's ro anabharraich agus sìormhaireannach;

18 Air dhuinn bhi ag amharc cha'n ann air na nithibh a tha r'am faicinn, ach air na nithibh nach 'eil r'am

<sup>n</sup> an dealbha, an riochda. <sup>o</sup> a' lagachadh. <sup>p</sup> a' mhaslaidh, na h-easonoir.  
<sup>r</sup> fa fholach. <sup>s</sup> a tha 'gan sgrios féin. <sup>t</sup> cumhaingeachd. <sup>u</sup> tiota, mìonaid.



faicinn: oir tha na nithe a chithear, ainsireil; ach tha na nithe nach faicear, siorruidh.

### C A I B. V.

1 Gu bheil esan an dòchas glòire shiorruidh, agus le suil rithe, agus ris a' bhreth dheireannaich, a' deanamh dìchill air deadh choguis a choimhead; 12 cha'n ann chum gu deanadh e bòsd as fèin thaobh so, 14 ach mar neach a fhuair beatha o Chriosd, a ta e dìchiollach chum a bheatha a chaitheadh do Chriosd a mhàin, &c.

**O**IR a ta fios againn, nan sgaoilteadh o chéile ar tigh talmhaidh a' phàilliuin so, gu bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmbaibh, siorruidh anns na nèamhaibh.

2 Oir a ta sinn ri osnaich an so, a' miannachadh bhì air ar n-eudachadh<sup>a</sup> le ar tigh o nèamh:

5 O air dhuinn bhì air ar n-eudachadh, nach faighear lomnochd sinn.

4 Oir tha sinne a tha anns a' phàilliuin so ri osnaich, air dhuinn bhì fuaidh uallaich? ni h-e air son gu'm bu mhiann leinn bhì air ar rùsgadh, ach air ar n-eudachadh, chum gu bi bàsmhorachd air a slugadh suas le beatha.

5 A nis an ti a dh'oibrich sinne chum so féin, is e Dia e, a thug dhuinne mar an ceudna geall-daingnich<sup>b</sup> an Spioraid.

6 Uime sin tha sinn a' ghnàth deadh-mhisneachail, air dhuinn fios a bhì againn am feadh a ta sinn aig an tigh sa' choluinn, gu bheil sinn air choigrich o'n Tighearn:

7 (Oir a ta sinn a' gluasad<sup>c</sup> a réir creidimh, agus cha'n ann a réir seallaidh.)

8 Tha deadh mhisneach againn, agus bu ròghnuiche leinn gu mòr bhì air choigrich as a' choluinn, agus a bhì làthair maille ris an Tighearn.

9 Uime sin a ta sinn a' deanamh ar dìchill, chum cò aca bhios sinn a làthair no air choigrich, gu'm bi sinn taitneach dhasan.

10 Oir is éigin duinn uile bhì air ar nochdadh an làthair caithir-breitheanaid Chriosd; chum gu faigh gach neach na nithe a rinn e sa' choluinn, a réir an ni a rinn e, ma's maith no olc e.

11 Uime sin air dhuinn fios a bhì againn air uamhas an Tighearna, tha sinn a' cur impidh air daoibh; ach a ta sinn follaiseach do Dhia, agus tha dòchas agam mar an ceudna gu bheil sinn air ar deanamh follaiseach ann bhur coguisibhse.

12 Oir cha 'n'eil sinn 'gar moladh féin a ris dhuibhse, 'ach a ta sinn a' toirt fàthd uail dhuibh d'ar taobh, chum gu bi freagradh agaibh dhoibhsan a tha deanamh uail ann an gnùis, agus ni h-ann an cridhe.

13 Oir ma tha sinn a dh'easbhuidh céille, is ann do Dhia: agus ma ta ar ciall againn, is ann duibhse.

14 Oir a ta gràdh Chriosd 'gar coimh-éigneachadh, air dhuinn breithneachadh mar so, ma fhuair a h-aon bàs air son nan uile, gu'n robh na h-uile marbh:

15 Agus gu'n d'fhuair e bàs air son nan uile, chum iadsan a ta beo, nach biodh iad a so suas beo dhoibh féin, ach dhasan a dh'fhuiling am bàs air an son, agus a dh'éirich a ris.

16 Uime sin, cha'n aithne dhuinne a so suas aon duine a réir na feòla: seadh, ge b'aithne dhuinn Chriosd a réir na feòla, gidheadh a nis cha'n aithne dhuinn e ni's mò.

17 Uime sin ma ta neach sam bith ann an Chriosd, is creutair nuadh e: chaidh na seann nithe seach, feuch, rinneadh na h-uile nithe nuadh.

18 Agus is ann o Dhia a ta na h-uile nithe, neach a rinn sinne réidh ris féin tre Iosa Chriosd, agus a thug dhuinn ministeireachd na réite;

19 Eadhon, gu robh Dia ann an Chriosd a' deanamh an t-saoghal réidh ris féin, gun bhì a' meas an cionta dhoibh; agus dh'earb e ruinne<sup>e</sup> focal na réite.

20 Uime sin is teachdairean sinn air son Chriosd, mar gu cuireadh Dia impidh leinne: tha sinne a' guidh-

<sup>a</sup> cluth-eudachadh, còmh-dachadh. <sup>b</sup> earlas. <sup>c</sup> a' gluasad, ag imeachd, a' stubhal. <sup>d</sup> còthrom. <sup>e</sup> chuir e annainne. Gr.

eadh oirbh as uchd<sup>f</sup> Chrìosd, bithibh réidh ri Dia.

21 Oir rinn se esan da nach b'aithne peacadh, 'na ìobairt pheacaidh air ar soinne; chum gu bitheamaid air ar deanamh 'nar fìreantachd Dhé annsan.

## C A I B. VI.

1 Gu'n do dhearbhl se e féin 'na mhinisteir fìrinneach do Chrìosd, araon le earailibh, 3 agus le ionracas a bheatha, 4 agus leis gach gnè trioblaid agus maslaidh fhulang gu foighidneach air son an t-soisgeil: 10 umpa so tha e labhairt gu dàna riu, chionn gu bheil a chridhe fosgailte dhoibh; 15 agus tha dùil aige ris an aigne cheudna uatha; &c.

UIME sin tha sinn mar chomh-oibrichean leis-san, a' guidheadh oirbh, gun sibh a' ghabhail gràis Dé an dìomhanas:

2 (Oir a deir e, Ann an àm taitneach dh'éisd mi riut, agus ann an là slàinte rinn mi còmhnaidh leat: feuch, a nis an t-àm taitneach; feuch, a nis là na slàinte.)

3 Gun bhi tabhairt aobhair oilbheim air bith ann an aon ni, chum nach faigheadh a' mhinistireilachd & mi-chliu:

4 Ach anns gach ni 'gar dearbhadh féin mar mhinisteiribh Dhé, ann am mòr fhoighidin, ann an àmhgharaibh, ann an uireasbhuidh, ann an teanntachdaibh,

5 Ann am buillibh, ann am prìosunaibh, ann an luasgadh o àit gu h-àit, ann an saothair, ann am faire, ann an trosgaibh,

6 Ann am fìor-ghloine, ann an eòlas, ann am fad-fhulangas, ann an caoimhneas, anns an spiorad naomh h, ann an gràdh gun cheilg,

7 Ann am focal na fìrinn, ann an cumhachd Dhé, le airm na fìreantachd air an làimh dheis agus chli,

8 Tre urram agus eas-urram, tre mhi-chliu agus dheadh-chliu: mar nhealltairibh, gidheadh fìrinneach;

9 Mar dhroing nach aithnichear, gidheadh air am bheil deadh aithne;

mar dhroing a ta faghail a' bhaish, gidheadh feuch, tha sinn beo; mar dhroing a smachdaichear, agus gun am marbhadh;

10 Mar dhroing a ta brònach, gidheadh a ghnàth a' deanamh gairdeachais; mar dhaoine bochda, gidheadh a ta deanamh mòrain saibhir; mar dhaoine aig nach 'eil ni sam bith, gidheadh a' sealbhachadh nan uile nithe.

11 Tha ar beul-ne fosgailte dhuibhse, O a Chorintianacha, tha ar cridhe air a dheanamh farfuing.

12 Cha 'n'eil sibh ann an cumhangachd annainne, ach tha sibh ann an cumhangachd ann bhuir n-innibh féin.

13 A nis mar ath-dhìoladh san nì sin féin, (labhram mar ri m' chloinn) bithibhse farsuing mar an ceudna.

14 Na cuing-cheanglar gu neo-chothromach sibh maille ri micheidmhich: oir ciod e caidreabh na fìreantachd ri neo-fhìreantachd? agus ciod e commun an t-soluis ris an dorchadas?

15 Agus ciod an réite a ta aig Chrìosd ri Belial? no ciod i cuid a' chreidmhich, maille ri anacreideach?

16 Agus ciod a' choimh-réite a ta aig teampull Dé ri h-ìodholaibhi? oir is sibhse teampull an Dé bheo; a réir mar a thubhairt Dia, Gabhaidh mise còmhnuidh anna, agus gluaisidh mi 'nam measg; agus bithidh mise a'm' Dhia acasan, agus bithidh iadsan 'nan sluagh agamsa.

17 Uime sin thigibh a mach as am meadhon, agus dealaichibh riu, deir an Tighearn, agus na beanaibh ris an ni neo-ghlan; agus gabhaidh mise a m' ionnsuidh sibh,

18 Agus bithidh mi a'm' Athair dhuibh, agus bithidh sibhse 'nar mic agus 'nar nigheanaibh dhomhsa, deir an Tighearn uile-chumhachdach.

## C A I B. VII.

1 Tha e 'gan earlachadh chum gloine beatha, 2 agus chum an inntinn bhi aca dhasan a ta aige dhoibh; 3 air eagal gu saoilte gu'n robh e

f air son, an àit. g [ar] ministireilachd, [ar] frithealadh, h leis an Spiorad naomh. i dealbhaibh.



*cùr so an amharus, tha e' cur an cèill doibh meud a' chomhfhurtachd a fhuair e 'na thrioblaidibh, o'n sgeul a thug Titus dha air a bhròn diadhaidh, a rinn an litir a chuir e d'an ionnsuidh roimhe oibreachadh annla, &c.*

**U**IME sin, a mhuinntir mo ghràidh, air dhuinn na geall-anna so bhi againn, glanamaid sinn féin o'gach uile shalachar feòla agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal Dé.

2 Gabhaibh ruinne: cha d'rinn sinn eucoir air aon duine, cha do thruaill sinn aon duine, cha do mheall sinn aon duine.

3 Cha'n ann chum bhur dìtidh a labhram so: oir thubhairt mi roimhe, gu bheil sibh ann ar cridhibhline chum bàsachadh maille ribh, agus a bhi beo maille ribh.

4 Is mòr mo dhànachd cainnte d'ar taobhsa, is mòr m'uaill as bhur leth: lìonadh le comhfhurtachd mi, tha mi thar tomhas aoibhneach ann ar n-uile àmhghar-ne.

5 Oir an uair a thainig sinn gu Macedonia, cha d'fhuair ar feòil fois sam bith, ach bha sinn fuidh àmhghar air gach taobh; an leth am muigh bha còmhraig, an leth a stigh bha eagla:

6 Ach, an Dia a bheir comhfhurtachd doibhsan a tha air an leagadh sìos, thug é comhfhurtachd dhuinne le teachd Thituis:

7 Agus ni h-e le a theachdsan a mhàin, ach mar an ceudna leis a' chomhfhurtachd a fhuair esan uaibhse, 'nuair a chuir e an cèill duinn bhur dian-thogradh, bhur caoidh<sup>m</sup>, bhur teas-ghràdh dhomhsa; air chor as gur mòid a rinn mi gairdeachas.

8 Oir ge do chuir mi doilgheas oirbh leis an litir, cha 'n'eil aithreachas orm, ge do bha aithreachas orm: oir tha mi faicinn gu'n do chuir an litir sin doilgheas oirbh, ge nach do rinn i so ach rè tamuill.

9 A nis tha gairdeachas orm, cha'n ann air son sibh a bhi doilich, ach gu robh sibh doilich chum aithreachais<sup>n</sup>: oir bha doilgheas oirbh air mhodh

diadhuidh, chum nach d'thigeadh call oirbh ann an aon ni d'ar taobhne.

10 Oir oibrichidh am bròn diadhaidh aithreachas chum slàinte do nach gabhar aithreachas: ach oibrichidh doilgheas an t-saoghail bàs.

11 Oir feuch, an ni so féin doilgheas diadhuidh bhi oirbh, ciod emeud an dùrachd a' dh'oibrich e annaibh, seadh, ciod an glanadh oirbh féin<sup>o</sup>, seadh, ciod an ro-dhiom, seadh, ciod an t-eagal, seadh ciod an dian-thogradh, seadh, ciod an t-eud, seadh, ciod an togradh dioghaltais? anns gach ni dhearbh sibh sibh féin bhi glan sa' chùis so.

12 Uime sin ge do scrìobh mi d'ar n-ionnsuidh, cha b'ann air a shonsan a rinn an eucoir, no air a shonsan air an d'rinneadh an eucoir, ach a chum gu foillsichte dhuibh ar cùramne mu'r timchiolls' am fianuis Dé.

13 Uime sin fhuair sinn comhfhurtachd air son bhur comhfhurtachds: seadh, bu ro mhò a rinn sinn gairdeachas, air son gairdeachais Thituis, do bhrìgh gu'n d'fhuair a spiorad suaimhneas uaibhse uile.

14 Oir ma rinn mi bòsd<sup>p</sup> sam bith risean asaibhse, cha 'n'eil nàire orm; ach mar a labhair sinn na h-uile nithe am fìrinn ribhse, is amhuin sin a fhuaradh fìrinneach ar bòsd asaibhse ri Titus.

15 Agus a ta dùrachd a chridhesan ni's pailte d'ar taobhsa, air dha bhi a cuimhneachadh bhur n-ùmhlaich uile, mar a ghabh sibh ris le h-eagaid agus ball-chrith.

16 Uime sin tha gairdeachas orm gu bheil dànachd agam asaibh anns gach ni.

### C A I B. VIII.

1 Tha e' gam brosnachadh gu tìone seirceil a dheanamh air son na nacmh bochda ann an Ierusalem le eisempleir nam Macedonach, le moladh an dian thograidh a bha aca féin roimhe, 9 le eisempleir Chrisol, 14 agus leis an tairbh spioradail a thigeadh dhoibh féin o'n tabhartas sin: &c.

l uamhunn. m bròn. n a tharrachadh inntinn. o an saoradh, an leithsgeul. p uailh, mordhail.

**A** NIS, a bhràithre, tha sinn a' teirt fios duibh air gràs Dé, a a thugadh do eaglaisibh Mhacedonia :

2 Eadhon gu'n robh, ann am mòr dhearbhadh àmhghair, pailteas an aoibhneis, agus doimhne an bochd-uinn, ro phailte chum saibhris am fialuidheachd<sup>r</sup>.

3 Oir (bheiream fianuis) *gu robh* iad uatha féin toileach a réir an comais, seadh, thar an comas :

4 A' guidheadh oirne gu dùrachdach, gu'n gabhamaid an tiodhlac, agus comh-roinn an fhrithealaidh do na naomhaibh.

5 Agus ni h-ann mar a shaoil sinne<sup>s</sup>, ach thug siad iad féin air tùs do'n Tighearn, agus 'na dhéigh sin dhuinne a réir toil Dé:

6 Air chor as gu'n do chuir sinn impidh air Titus, a réir mar a thòisich e roimhe, mar sin gu'n crìochnaich e annaibhse an gràs<sup>t</sup> sin féin mar an ceudna.

7 Uime sin mar a ta sibh pailte anns gach uile ni, ann an creidimh, ann an ùr-labhradh, agus ann an eòlas, agus ann an uile dhìchioll, agus ann bhur gràdh dhuinne, bithibh pailte anns a' ghràs so mar an ceudna.

8 Ni'n labhram so mar àitine, ach a thaobh dùrachd dhaoin' eile, agus a dhearbhadh tréibhdhireis bhur gràidhse.

9 Oir is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Iosa Crìosd, ge do bha e saibhir, gidheadh gu'n d'rinneadh bochd e air bhur sonsa, chum gu biodh sibhse saibhir trid a bhochd-uinnsan.

10 Agus anns an ni<sup>u</sup> so bheiream no chomhairle : oir a ta so tarbhach<sup>u</sup> lhuibhse, a thòisich roimhe, cha'n e nhàin air deanamh, ach air a bhi sgarrach o cheann bliadhna.

11 A nis air an aobha<sup>a</sup> sin coimhionaibh an gnìomh<sup>a</sup>; ionnus mar a bha sibh ullamh chum na toile, mar sin gu'm bi sibh ullamh chum coimhionaidh as na bheil agaibh.

12 Oir ma bhios air tùs inntinn hoileach ann, gabhar ris a réir mar

a ta aig neach, agus ni h-ann a réir nan nithe nach 'eil aige.

13 Cha'n ann chum gu'm biodh socair aig daoin' eile, agus àmhghar agaibhse.

14 Ach a' thaobh coimh-cheartais, chum san àm so nis gu'm bi bhur pailteas-sa 'na choimh-leasachadh air an uireasbhuidhsan, agus mar an ceudna chum gu'm bi am pailteas-sa 'na choimh-leasachadh air bhur n-uireasbhuidhse, air chor as gu'm bi coimh-cheartas eadruibh,

15 A réir mar a ta e scriobhta, An ti a thionail mòran, cha robh anabarr aige; agus an ti a thionail beagan, ach robh easbhuidh air.

16 Ach buidheachas do Dhia, a chuir an cùram dùrachdach sin féin d'ar taobhsa ann an cridhe Thituis.

17 Oir gu deimhin ghabh e ris an impidh, ach air dha bhi ni bu togarr-aiche, chaidh e d'a thoil féin d'ar n-ionnsuidh.

18 Agus chuir sinne maille ris am bràthair, aig am bheil a chliu san t-soisgeul, feadh nan eaglais uile :

19 (Agus cha'n e so a mhàin, ach thaghadh e leis na h-eaglaisibh mar an ceudna mar chompanach turuis dhuinne, leis an tiodhlac so a fhrith-ealadh leinne chum glòire an Tighearna sin féin, agus chum foillseachaidh bhur n-inntinn ullamhsa.)

20 A' seachnadh so, nach tugadh neach air bith mi-chliu dhuinne thaobh a' phailteis so a fhrithealadh leinne :

21 Air dhuinn bhi solarachadh nithe ciatfach, cha'n e mhàin am fianuis an Tighearna, ach mar an ceudna am fianuis dhaoine.

22 Agus chuir sinn maille riu ar bràthair, a dhearbh sinn gu minie dùrachdach am mòran do nithibh, ach a nis ni's ro dhùrachdaiche, thaobh an ro-earbsa ta aige<sup>b</sup> asaibhse.

23 Ma dh'fhiosraichear ni sam bith mu Thitus, is e mo chompanachsa e, agus mo chomh-oibriche d'ar taobhsa : no mu thimchioll nam braithre, is iad teachdairean nan eaglais, agus glòir Chrìosd.

<sup>r</sup> an daonnachda. <sup>s</sup> a bha dòchas againne. <sup>t</sup> tiodhlacadh. <sup>u</sup> iomchubhaidh. <sup>a</sup> an deanamh. <sup>b</sup>agam.



24 Uime sin nochdaibh dhoibhsan, agus am fianuis nan caglais, dearbhadh bhur gràidhsa agus ar n-uaille d'ar taobh.

### C A I B. IX.

1 Tha e g' innseadh an reusoin air son, ge do b'aithne dha am mòr thogradh féin, an do chuir e Titus agus na bràithre roimh-làimh d'an ionnsuidh g'am brosnachadh gu déire a thabhairt gu pailte, do bhrìgh gur gné shìol-chuir iad, 10 a bheir bàrr pailte dhoibh féin, 13 agus aobhar ìobairt mòr mholaidh do Dhia.

**O**IR a thaobh frithealaidh do na naomhaibh, is neo-fheumail dhomhsa, scriobhadh d'ar n-ionnsuidh.

2 Oir is aithne dhomh togarrachd bhur n-inntinn, as leth an deanam uail asaibhse ris na Macedonaich, ag ràdh, Gu robh Achaia ullamh o cheann bliadhna; agus bhrosnach bhur n-eudsa ro-mhòran.

3 Gidheadh chuir mi na bràithre d'ar n-ionnsuidh, air eagal gu'm biodh ar uaille asaibh dìomhain sa' chùis so; chum, mar a thubhairt mi, gu'm biodh sibh ullamh:

4 Air eagal ma thig na Macedonaich maille rium, agus gu'm faigh iad sibhse neo-ullamh, gu'm bi nàire oirne (gun a ràdh oirbhse) a dànadas na h-uail so.

5 Uime sin bhreithnich mi gu'm b'fheumail impidh chur air na bràithribh, iad a dhol air tùs d'ar n-ionnsuidhse, agus bhur tabhartas air an do labhradh ribh roimhe, a dheanamh deas, chum gu'm biodh sin ullamh, mar thiodhlac<sup>c</sup>, agus cha'n ann mar ni a dh'aindeoin.

6 Ach so deiream, An ti a chuireas gu gann, buainidh e gu gann mar an ceudna; agus an ti a chuireas gu pailte, buainidh e gu pailte mar an ceudna.

7 Thugadh gach duine seachad a réir rùin a chridhe; na b'ann an doilgheas, no le h-éigin: oir is toigh le Dia an neach a bheirseachad gu suilbhir.

8 Agus is comasach Dia air gach gràs a dheanamh ro phailte dhuibhse, chum air dhuibh anns gach uile ni

làn leoir a bhi agaibh a ghnàth, gu'm biodh sibh pailte chum gach deadh oibre.

9 (A réir mar a ta e scriobhta, Sgaoil e a chuid; thug e do na bochdaidh: mairidh fhireantachd a choidhch.

10 A nis an ti a bheir sìol do'n fhear-cuir<sup>d</sup>, agus aran chum bìdh, gu tugadh e agus gu meudaicheadh e bhur curachdsa, agus gu tugadh e do thoradh bhur fireantachd fàs.)

11 Air dhuibh bhi air bhur deanamh saibhir anns gach uile ni chum gach uile thabhartais, ni a dh'oibrich-eas leinne breith-buidheachais do Dhia.

12 Oir a ta frithealadh na seirbhis so, cha'n e mhàin a' leasachadh uireasbhuidh nan naomh, ach a ta e mar an ceudna pailte tre mhòran breith-buidheachais do Dhia;

13 (Air dhoibh bhi tre dhearbhadh an fhrithealaidh-sa a' toirt glòire do Dhia air son bhur n-ùmhlaichd do shoisgeul Chrìosd a réir bhur n-aidmheil, agus air son bhur tabhartais dhaonnachdaich<sup>c</sup> dhoibhsan, agus do na h-uile dhaoibh.)

14 Agus trid an ùrnuigh air bhur sonsa, aig am bheil mòr dhéidh oirbh air son gràis Dé a ta ro phailte annaibh.

15 Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt<sup>f</sup>.

### C A I B. X.

1 An aghaidh nan abstol bréige, a bha deanamh tàir air anmhuinn-eachd a phearsa agus air a làthair chorporra, tha e cur an céill an neart agus an t-ùghdarras spioradail sin leis an d'armaicheadh e an aghaidh cumhachda a naimhdean uile; 7 a' toirt cinnte dhoibh, air dha teachd, gu'm faigheadh iad e co chumhachdach ann am focal agus a ta e nis ann an scriobhadh, agus e as an làthair: &c.

**A**NIS tha mise féin Pòl a' guidh-eadh oirbh, tre mhacantas agus shèimheachd Chrìosd, neach air dhomh a bhi làthair a ta ìosal 'nar

measg, ach air dhomh a bhi uaibh a ta dàna oirbh.

2 Ach iarram oirbh dh'athchuinge, gun sibh a thoirt orm an uair a bhios mi làthair, bhi dàna, leis a' mhuin-ghin<sup>8</sup> leis an saoillear mi bhi dàna 'n aghaidh droinge àraidh a tha toirt meas oirne, mar gu bitheamaid ag imeachd a réir na feòla.

3 Oir ge do tha sinn ag imeachd h anns an fheòil, cha'n ann a réir na feòla ta sinn a' cogadh:

4 (Oir ar n-airm chogaidh ni'm feòlmhor iad, ach cumhachdach o Dhia chum daingnichean a leagadh.)

5 A' tilgeadh sìos reusonachaidh, agus gach ni àrd a dh'àrdaicheas e féin an aghaidh eòlais Dé, agus a' toirt am bràighdeanas gach smuainteach chum ùmhlachd Chrìosd:

6 Agus dioghaltas ullamh againn r'a dheanamh air gach uile easumhlachd, 'nuair a choimhlionar bhur n-ùmhlachdsa.

7 An amhaire sibh air nithibh a réir an coslais? ma tha dochas i aig aon neach as féin, gur le Crìosd e, smuainicheadh e so a rìs uaith féin, mar is le Crìosd esan, gur le Crìosd sinne mar an ceudna.

8 Oir ge do dheanainn càileigin ni's mò dh'uaill as ar cumhachdne, (a thug an Tighearna dh-uinn chum fòghluim<sup>1</sup>, agus cha'n ann chum bhur sgrios-sa) cha bhiodh nàire orm:

9 Chum nach measar mi mar gu'm bithinn a' cur eagal oirbh le litricheibh.

10 Oir a ta a litrichean (a deir iadsan) cudthromach agus làidir, ach a ta a làthaireachd chorpóra an-mhunn<sup>m</sup>, agus a chainnt tàireil.

11 Smuainicheadh a leithid sin do dhuine so, mar a ta sinne ann am focal tre litricheibh, agus sinn as làthair, mar sin gu'm bi sinn ann an gnìomh air dhuinn a bhi làthair.

12 Oir cha 'n'eil a dhànadas<sup>n</sup> againne sinn féin a chur an àireamh, no a choimeas ri dream àraidh a mholas iad féin: ach air dhoibhsan bhi 'gan tomhas féin eatorra féin,

agus 'gan coimeas féin riu féin, cha 'n'eil iad glic.

13 Ach cha dean sinne uaill a nithibh a tha thar ar tomhas, ach a réir tomhais na riaghail<sup>o</sup> a roinn Dia dhuinne, eadhon tomhas a ruigeas oirbhse.

14 Cha 'n'eil sinne 'gar sìneadh féin thar ar tomhas, mar nach ruig-eamaid sibhse; oir thainig sinn eadhon chugaibhse<sup>p</sup>, le soisgeul Chrìosd:

15 Gun sinn a bhi deanamh uaill a nithibh a ta thar ar tomhas, eadhon a saothairibh dhaoin' eile; ach a ta dòchas againn, 'nuair a mheudaichear bhur creidimhse, gu'm faigh sinn farsaingeachd gu pailte annaibh a réir ar riaghailne,

16 Chum an soisgeul a shearmonachadh anns na h-ionadaibh an taobh thall duibhse, agus cha'n ann chum uaill a dheanamh ann an riaghail duin' eile, a nithibh a ta ullamh a chèana.

17 Ach an ti a ni uaill, deanadh e uaill anns an Tighearn.

18 Oir cha'n e an ti a mholas e féin a tha ionumholta<sup>r</sup>, ach an ti a mholas an Tighearn.

## C A I B. XI.

1 Tre ro-mheud a chùraim do na Corintianaich, d'an robh e'n coslas tuilleadh spéis thoirt do na h-abstolaibh bréige na dhasan, tha e a' tòiseachadh dh'aindeoin ri e féin a mholadh, 5 ag innseadh nach robh e a bheag goirid air na h-abstoil bu mhò, 7 gu'n do shearmonaich e an soisgeul dhoibh gu saor, 13 a' nochdadh nach robh e a bheag a dheidh-làimh air an luchd-oibre chealgach sin, thaobh aon sochair a bhuineadh do'n lagh, &c.

**B**'FHEARR leam gu'n giùlain-eadh sibh beagan le m' amaid-eachd; agus da rìreadh giùlainibh leam.

2 Oir a ta mi eudmhor umaibh le h-eud diadhuidh: oir rinn mi ceangal pòsaidh eadar sibh agus aon fhear, chum bhur cur mar òigh fhìor-ghloin an làthair Chrìosd.

3 Ach a ta eagal orm, air dòigh

<sup>8</sup> mhisnich, urrasachd. <sup>h</sup> gluasad, siubhal. <sup>i</sup> earbsa. <sup>l</sup> togail suas.  
<sup>m</sup> lag. <sup>n</sup> a mhisnich. <sup>o</sup> riaghailt. <sup>p</sup> thugaibhse. <sup>r</sup> dearbhla.



sam bith, mar a mheall an nathair Eubha leis a cuilbheartachd, mar sin gu'n truaillear bhur n-inntinnse o'n aon-fhillteachd a ta ann an Crìosd.

4 Oir nan deanadh an neach a thig Iosa eile a shearmonachadh nach do shearmonaich sinne, no *nam* faigh-eadh sibhse spiorad eile, nach d'fhuair sibh, no soisgeul eile ris nach do ghabh sibh, dh'fheudadh sibh gu maith giùlan *leis*.

5 Oir is i mo bharailse nach robh mi a bheag goirid air na h-abstolaibh a b'airde.

6 Ach ge do *tha* mi neo-fhògh-luimte ann an cainnt, gidheadh cha n'eil mi *mar sin* ann an eòlas; ach rinneadh sinn làn-fhollaiseach anns na h-uile nithibh 'nar measgsa.

7 An d'rinn mi cionta le mi féin ìsleachadh chum gu'm biodh sibhse air bhur n-àrdachadh, no a chionn gu'n do shearmonaich mi soisgeul Dé a nasgaidh dhuibh?

8 Chreach mi eaglaisean eile, a' gabhail tuarasdail *uatha*, chum seirbhis a dheanamh dhuibhse.

9 Agus an uair a bha mi làthair maille ribhse agus uireasbhuidh orm, cha do leig mi mo throm air duine sam bith: oir leasaich na bràithrean, a thainig o Mhacedonia m'uireasbhuidh: Agus anns na h-uile nithibh choimhid mi mi féin o m' throm a leigeadh oirbhe, agus coimhididh.

10 Mar a ta fìrinn Chrìosd ann-am, cha chumar an uail so uam ann an crìochaibh na h-Achaia.

11 C'ar son? An ann a chionn nach 'eil gràdh agam dhuibh? Tha fios aig Dia.

12 Ach an ni a ta mi deanamh, ni mi fathast e, chum gu toir<sup>s</sup> mi air falbh cionfàth<sup>t</sup> uathasan le'm bu mhiann cionfàth fhaotainn, chum anns an ni as am bheil iad a' deanamh uail, gu faighear iad eadhon mar sinne.

13 Oir is ann d'an leithidibh sin a ta abstola bréige, luchd-oibre cealgach, 'gan cur féin ann an cosamhlachd abstola Chrìosd.

14 Agus cha'n iongantach *sin*: oir cuirear Satan féin an cruth<sup>u</sup> aingil soillse.

15 Uime sin cha ni mòr *e* ge do chuirear a mhinisteirean mar an ceudna ann an cruth mhinisteirean na fireantachd; aig am bi an crìoch dheireannach a réir an oibre.

16 A deiream a rìs, Na measadh aon neach gur amadan mi; no fòs, gabhaibh rium mar amadan féin, chum gu'n dean mi beagan uail asam féin.

17 An ni a labhram, ni h-ann a réir an Tighearna a labhram e, ach mar gu b'ann gu h-amaideach anns an dànadas uaille so.

18 Do bhrìgh gu bheil mòran a' deanamh uail a réir na feòla, ni mise uail mar an ceudna.

19 Oir giùlainidh sibh gu toileach le amadanaibh, do bhrìgh gu bheil sibh *féin* glic.

20 Oir fuilgidh sibh ma bheir neach an daorsa sibh, ma dh'itheas<sup>a</sup> neach sibh, ma bheir neach bhur cuid *dhibh*, ma dh'àrdaicheas neach e féin, ma bhuaileas neach air an aghaidh sibh.

21 Labhram thaobh eas-urraim, mar gu'm bitheamaid annhunn: ach, ge b'e ni anns a' bheil neach air bith dàna, (labhram gu h-amaideach) a ta mise dàna ann mar an ceudna.

22 An Eabhruch iad? *mar sin tha* mise mar an ceudna: An Israelich iad? *mar sin tha* mise mar an ceudna: An sliochd do Abraham iad? *mar sin tha* mise mar an ceudna:

23 Am ministeirean do Chrìosd iad? (labhram mar dhuine mi-chéillidh) ataimse os an ceann *san ni so*: ann an saothairibh ni's pailte, ann am buillibh ni's ro mhòb, am prìosunaibh ni's trice, am bàsaibh gu minic.

24 Fhuair mi o na h-Iudhachaibh cùig uairean dà fhichead *buille* ach a h-aon.

25 Ghabhadh le slataibh orm trì uairean, chlachadh mi aon uair, dh'fhuiling mi long-bhriseadh trì uairean; là agus oidliche bha mi sa doimhne:

26 Ann an turusaibh gu minic, ann an gàbha aimhnichean, ann an cunnartaibh fhear-reubainn, ann an

<sup>s</sup> gearr. <sup>t</sup> cothrom. <sup>u</sup> riochd.

<sup>a</sup> chlaoidheas. <sup>b</sup> thar tomhas.

cunnartaibh o m' chinneach féin, ann an cunnartaibh o na Cinneachaibh, ann an cunnartaibh sa bhaile, ann an cunnartaibh san fhàsach, ann an cunnartaibh san fhairge, ann an cunnartaibh am measg bhràithre breugach<sup>c</sup>;

27 Ann an saothair agus sgìos<sup>d</sup>, am fairibh gu minic, ann an ocras agus tart, an trosgaibh gu minic, am fuachd agus an lom-nochdaidh.

28 A bhàrr air na nithibh a ta an leth muigh, an ni a ta teachd orm gu lathail, ro-chùram nan eaglais uile.

29 Cò a ta lag, agus nach 'eil mise lag? cò a ta faotainn oilbheim, agus nach 'eil mise a' losgadh?

30 Ma's éigin domh uail a dheanamh, is ann as na nithibh a bhuineas do m' anmhuinneachd a ni mi uail.

31 Tha fios aig Dia, eadhon Ath-air ar Tighearna Iosa Crìosd, a tha beannuichte gu sìorruidh, nach 'eil mi deanamh bréige.

32 Ann an Damascus chuir uachdaran a phobuill fuidh Aretas an rìgh, friceadan air baile nan Damasceneach, ann an rùn mise a ghlacadh:

33 Ach tre uinneig leigeadh sìos ris a' bhalla mi ann an cliabh, agus chaidh mi as a làmhaidh.

## C A I B. XII.

1 Chum abstolachd a mholadh, ge d'fheudadh e uail a dheanamh as a thaisbeinibh iongantach, 9 gidheadh is fearr leis uail a dheanamh as anmhuinneachd; tha e faotainn croin doibh a chionn gu'n d'éignich iad e chum na h-uaille dhomhain so: 14 a' gealltunn teachd a rìs d'an ionnsuidh: &c.

**G**U deimhin cha 'n'eil e iom-chuidh dhomhsa uail a dheanamh: ach thig mi chum seallanna agus taisbeana an Tighearna.

2 B'aithne dhomh duine ann an Crìosd ceithir-bliadhna-deug roimhe so (ma's anns a' choluinn, ni'm fios domh; no as a choluinn, ni'm fios domh; aig Dia a ta fios) a leithid sin do dhuine thogadh chum an treas nèamh.

3 Agus b'aithne domh a leithid sin do dhuine (ma's anns a' choluinn, no as a' choluinn, ni'm fios domh: aig Dia a ta fios:)

4 Gu'n do thogadh suas e gu pàrras, agus gu'n cual e briathra do-labh-airt nach feud duine a' labhairt<sup>e</sup>.

5 Ma' leithid sin do dhuine ni mi uail: ach asam féin cha dean mi uail, mur dean mi a m' anmhuinneachdaibh<sup>f</sup>.

6 Oir ge do b'àill leam uail a dheanamh, cha bhi mi a'm' amadan; oir labhraidh mi an fhìrinn: gidheadh a ta mi a' cumail orm féin, air eagal gu'm bi meas aig duine dhìomthar mar a ta e 'gam fhaicinn, no a' cluinntinn umam.

7 Agus air eagal gu'm bithinn air m'ardachadh thar tomhas, tre ro-mheud nan taisbean, thugadh dhomh sgolb san fheoil, teachdaire Shatain chum gu'm buaileadh e mi<sup>g</sup>, air eagal gu'm bithinn air m'ardachadh thar tomhas.

8 Air a shon so ghuidh mi an Tighearn trì uairean, gu'n imicheadh so uam.

9 Agus thubhairt e rium, Is leoir mo ghràs-sa dhuìt: oir a ta mo chumhachd air a dheanamh foirfe ann an anmhuinneachd. Uime sin is ro thoiliche a ni mi uail a' m' anmhuinneachdaibh, chum gu'n gabh cumhachd Chrìosd còmhuidh orm.

10 Uime sin tha mi gabhail tlachd ann an anmhuinneachdaibh, am maslaibh, ann an uireasbhuidhibh, ann an geur-leanmhuinnibh, ann an teanntachdaibh<sup>h</sup> air son Chrìosd: oir an uair a ta mi lag, an sin a ta mi làidir.

11 Rinneadh a'm' amadan mi le uail a dheanamh; dh'éignich sibhse mi: oir bu chòir dhomh bhi air mo mholadh leibhse: oir cha robh mi bheag sam bith fuidh na h-abstolaibh a's àirde, ge nach 'eil annam ach neo-ni.

12 Gu deimhin dh'oibricheadh comharan abstoil ann bhuir measgsa anns gach uile fhoighidin, ann an

<sup>c</sup> fallsa, mealltach. <sup>d</sup> sgìos agus briseadh-cridhe. <sup>e</sup> nach urradh duine a labhairt. <sup>f</sup> laigsibh. <sup>g</sup> chum gabhail le dornaibh orm.

<sup>h</sup> trioblaidibh, aindeisibh.



comharaibh agus an iongantasaibh, agus an cumhachdaibh i.

13 Oir cìod an nì anns an robh sibh nì bu lugha na eaglaisean eile, mur e nach do leig mi féin mo throm oirbh? thugaibh maithneas domh san eucoir so.

14 Feuch, a ta mi ullamh anis an treas uair gu teachd d'ar n-ionnsuidh; agus cha chuir mi mo throm oirbh; oir cha'n e bhur cuid a tha mi 'g iarraidh, ach sibh féin: oir cha 'n eil e dh'fhiachaidh air a' chloinn ionmhas a chruinneachadh fa chomhair nam pàranta, ach air na pàrantaibh fa chomhair na cloinne.

15 Agus is ro thogarrach a nì mise caitheadh agus a chaithear mi air son bhur n-anamasa, ge mar is ro phailte a ta gràdh agam dhuibh, gur lugha bliur gràdhsa dhomh.

16 Ach biodh e mar sin, nach do chuir mi trom oirbh: gidheadh air dhomh bhi innleachdach, ghlac mi le seòltachd sibh.

17 An d'rinn mise trid aon neach dhiubhsan a chuir mi d'ar n-ionnsuidh buannachd dhibh?

18 Ghuidh mi air Titus *dol d'ar n-ionnsuidh*, agus chuir mi bràthair maille ris: an d'rinn Titus buannachd dhibh? nach do ghluais sinn san aon spiorad? agus anns na h-aon cheumaibh?

19 A rìs, am bheil sibh a' saòilsinn gu bheil sinne gabhail ar leithisgeil ribh? tha sinn a' labhairt am fianuis Dé ann an Criosd: ach a ta an t-iomlan, a chàirde, chum bhur fòghluimse!

20 Oir is eagal leam air dhomh teachd nach faigh mi sibh mar is miann leam, agus gu faighear mise dhuibhse mar nach bu mhiann leibh: air eagal gu'm bi connsachadh, faramad, fearg, combstri, cùl-chàineadh, cogarsaich, ardain<sup>m</sup>, ceannairce 'nar measg:

21 An t-eagal air teachd dhomh a rìs, gu'n islich mo Dhia mi 'nar measg, agus gu dean mi caoidh air son mòrain do'n droing a pheacaich a cheana, agus nach do ghabh aith-

reachas do'n neo-ghloine, agus strìop-achas, agus mhacnus a rinn iad.

### C A I B. XIII.

1 Tha e bagairt gairge agus cumhachd abstolachd an aghaidh pheacach cruaidh-mhuinealach: 5 agus a' comhairleachadh dhoibh an creidimh a dhearbhadh, 7 agus am beatha a leasachadh mun d'thig e: 11 tha e a' comh-dhèanadh na litreach le earail choitchionn agus le h-àrnuigh.

**I**S i so an treas uair a ta mi a' teachd d'ar n-ionnsuidh: am beul dithis no triur do fhianuisibh bithidh gach focal seasmhach.

2 Dh'innis mi cheana, agus tha mi roimh-làimh ag innseadh dhuibh mar gu'm bithinn a làthair an daradh uair, agus a nis air dhomh bhi as bhur làthair, scrìobham chum na droinge a pheacaich roimhe so, agus chum chàich uile, ma thig mi a rìs, nach caomhain mi:

3 O tha sibh ag iarraidh dearbhadh air Criosd a' labhairt annamsa, neach d'ar taobhsa nach 'eil anmhunn, ach a ta cumhachdach annaibh.

4 Oir ge do cheusadh e trid anmhuinneachd, gidheadh a ta e beo tre chumhachd Dhé: oir a ta sinne mar an ceudna anmhunn annsan, gidheadh bithidh sinn beo maille ris tre chumhachd Dhé d'ar taobhsa.

5 Ceasnuichibh sibh féin, am bheil sibh sa' chreidimh; dearbhaibh sibh féin: nach aithne dhuibh sibh féin, gu bheil Iosa Criosd annaibh, mur daoine a chuireadh air cùl<sup>n</sup> sibh?

6 Ach tha dòchas agam gu'm bi fhios agaibh nach daoine a chuireadh air cùl sinne.

7 A nis tha mi guidheadh air Dia gun sibhse a dheanamh uile air bith; cha'n ann chum gu'm faicear sinne bhi dearbhta, ach chum gu'n deanadh sibhse an nì sin a ta maith<sup>o</sup>, ge do robh sinne mar dhaoine a chuireadh air cùl.

8 Oir cha'n urradh sinn nì air bith a dheanamh an aghaidh na firinn, ach air son na firinn.

1 gnìomharaibh cumhachdach. 1 bhur togail suas. <sup>m</sup> àrd-inntinn-eachd, atmhoireachd. <sup>n</sup> daoine neo-dhearbhta. <sup>o</sup> ciatfach.

9 Oir tha sin subhach an uair a tha sinn *féin* anmhunn, agus sibhse làidir: agus tha sinn a' guidheadh so mar an ceudna, sibhse bhi dìong-mhalta.

10 Is ann uime so a sgrìobh mi na nithe so *d'ar n-ionnsuidh* air dhomh bhi as bhur làthair, chum air dhomh bhi làthair nach bithinn garg, a réir a' chumhachd a thug an Tighearna dhomh chum fòghluim<sup>p</sup>, agus ni h-ann chum sgrìos.

11 Fa dheoidh, a bhràithre, slàn

leibh: bithibh dìongmhalta<sup>r</sup>, bithibh subhach, bithibh a dh'aon inntinn, bithibh sìothchail; agus bithidh Dia a' ghràidh agus na sìothchaint maille ribh.

12 Cuiribh fàilte air a chéile<sup>s</sup> le pòig naomha.

13 Tha na naoimh uile a' cur beannachd d'ar n-ionnsuidh.

14 Gràs an Tighearna Iosa Crìosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid naoimh, *gu robh* maille ribh uile. Amen.

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN GALATIANACH.

### C A I B. I.

6 Tha iongantais air gu'n do thréig iad esan agus an soisgeul co luath: 8 agus tha e a' mallachadh na droinge sin a shearmonaicheas aon soisgeul eile ach na shearmonaich e *féin*; 11 dh'fhòghluim e'n soisgeul cha b'ann o dhaoineibh, ach o Dhia, &c.

**P**OL abstol (cha'n ann o dhaoineibh, no tre dhuine, ach tre Iosa Crìosd, agus tre Dhia an t-Athair, a thog suas e o na marbhaibh.)

2 Agus na bràithrean uile a tha maille rium, chum eaglaisean Ghalatia:

3 Gràs duibh, agus sìth o Dhia an t-Athair, agus o ar Tighearn Iosa Crìosd,

4 A thug e féin air son ar peacaidhne, chum gu'n saoradh e sinn o'n droch shàghal a ta làthair, a réir toile Dé agus ar n-Atharne:

5 Dhasan *gu robh* glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

6 Is iongnadh leam gu'n d'thugadh thairis<sup>t</sup> sibh co luath uaithsan a

ghairm sibh trid<sup>u</sup> gràis Chrìosd, gu soisgeul eile:

7 Ni nach soisgeul eile; ach a ta dream àraidh 'gar buaireadh, le'n àill soisgeul Chrìosd a thilgeadh bun os cionn<sup>a</sup>.

8 Ach nan deanamaidne, no ain-geal o nèamh, soisgeul eile a shearmonachadh dhuibh, ach *an soisgeul* a shearmonaich sinne dhuibh, biodh e mallaichte.

9 Amhuil mar a thubhairt sinn roimhe, deireams' a nis a rìs mar an ceudna, Ma shearmonaicheas neach sam bith soisgeul eile dhuibh, ach *an soisgeul* a ghabh sibh, biodh e mallaichte.

10 Oir am bheil mi nis a' cur impidh air<sup>b</sup> daoineibh, no air Dia? no am bheil mi 'g iarraidh daoine a thoileachadh? oir nam bithinn fathast a' toileachadh dhaoine, cha bhithinn a'm' sheirbhiseach aig Crìosd.

11 Ach a ta mi toirt fìos duibh, a bhràithre, an soisgeul a shearmonaicheadh leamsa, nach ann a réir duine a ta e.

<sup>p</sup> togail suas. <sup>r</sup> foirfe, iomlan. <sup>s</sup> Altaichibh beatha a chéile. <sup>t</sup> gu'n d'atharraicheadh. <sup>u</sup> chum. <sup>a</sup> fhiaradh, chlaon-thruaillleadh.  
<sup>b</sup> a' cur m'earbsa a.



## C A I B. II.

12 Oir cha b'ann o dhuine a fhuair mi e, 'ni mò a theagaisgeadh dhomh e, ach trid fhoillseachaidh Iosa Criosd.

13 Oir chuala sibh mo chaitheadh-beatha-sa<sup>c</sup> san aimsir a chaidh seachad, ann an creidimh nan Iudhach, gu'n d'rinn mi thar tomhas geur-leannmuinn air eaglais Dé, agus gu'n d'fhàsaich mi i:

14 Agus gu'n d'thainig mi air m'aghaidh ann an creidimh nan Iudhach thar mòran do m' chomh-aoisibh am measg mo chinnich féin, air dhomh bhi ni bu ro eudmhoire mu ghnàthannaibh mo skinnsireachd.

15 Ach an uair a b'i deadh thoil Dé, a sgar o bhroinn mo mhàthar mi, agus a ghairm mi trid a ghràis,

16 A Mhac féin fhoillseachadh annam<sup>d</sup>, chum-gu searmonaichinn e am measg nan Cinneach; air ball cha do chuir mi comhairle ri feòil agus fuil:

17 Ni mo chaidh mi suas gu Hierusalem, chum na muinntir sin a bha 'nan abstolaibh romham; ach chaidh mi gu h-Arabia, agus a ris thainig mi air m'ais gu Damascus.

18 An déigh sin an ceann thri bliadhna chaidh mi suas gu Hierusalem, a dh'fhaicinn Pheadair, agus dh'fhan mi maille ris cùig làithean deug.

19 Ach neach air bith eile do na h-abstolaibh cha'n fhaca mi, ach Seumas bràthair an Tighearna.

20 A nis anns na nithibh a scrìobham dhuibh, feuch, an làthair Dhé, cha 'n'eil mi deanamh bréige.

21 'Na dhéigh sin thainig mi gu crìochaibh Shiria agus Chìlicia;

22 Agus cha robh eòlas orm a thaobh m' fhaicinn aig eaglaisibh Iudea, a bha ann an Criosd:

23 Ach a mhàin chual iad, An ti anns an àm a chaidh seachad a bha 'gar geur-leannmuinn, gu bheil e nis a' searmonachadh a' chreidimh a bha e a' sgrios roimhe so<sup>e</sup>.

24 Agus thug iad glòir do Dhia air mo shonsa.

1 Tha e cur an céill c'uin a chaidh e suas gu Hierusalem, agus c'ar son, agus nach do thimchioll-ghearradh Titus, 11 agus gu'n do chuir e'n aghaidh Pheadair, agus gu'n d'innis e dha a reuson, 14 c'ar son a ta e féin, agus muinntir eile, a tha 'nan Iudhaich, a' creidsinn gu'm bi iad air am fireanachadh tre chreidimh ann an Criosd, agus cha'n ann trid oibre; &c.

A N sin an ceann cheithir bliadhna deug chaidh mi a ris suas gu Hierusalem, maille ri Barnabas, a' toirt Thituis leam mar an ceudna.

2 Agus chaidh mi suas a réir foillseachaidh, agus chuir mi an céill dhoibh an soisgeul a ta mi a' searmonachadh am measg nan Cinneach, ach ann an uaigneas dhoibhsan d'an robh meas, an t-eagal air chor sam bith gu'n ruithinn, no gu'n do ruith mi an diomhanas.

3 Ach cha b'éigin do Thitus féin a bha a'm' chuideachd, bhi air a thimchioll-ghearradh, ge bu Glreugach e:

4 Agus sin air son bhràithre bréige, a ghoid a steach<sup>f</sup> 'nar measg, a thainig a steach os ìosal a dh'fhaicinn ar saorsa, a ta againn ann an Iosa Criosd, chum ar toirt fa dhaorsa.

5 Do nach do ghéill sinn eadhon rè uaire; chum gu'm buanaicheadh<sup>g</sup> fìrinn an t-soisgeil maille ribhse.

6 Ach o'n droing sin, a mheasadh gu'm bu ni éigin iad, (ciod air bith a bhia iad roimhe, cha 'n'eil suim ann domhsa: cha 'n'eil meas aig Dia do phearsa duine) oir iadsan a mheasadh gu'm bu ni eigin iad, cha do phàirtich iad le'n còmhradh bheag sam bith riumsa.

7 Ach air an làimh eile, 'nuair a chunnaic iad gu'n d'earbadh soisgeul an neo-thimchioll-ghearraidh riumsa, mar a dh'earbadh soisgeul an timchioll-ghearraidh ri Peadar;

8 (Oir an ti a dh'oibribh gu h-éifeachdach<sup>h</sup> ann am Peadar chum abstolachd an timchioll-ghearraidh,

<sup>c</sup> mo ghiùlan. <sup>d</sup> leam. <sup>e</sup> uair-eigin. <sup>f</sup> a thugadh steach os ìosal. <sup>g</sup> fanadh. <sup>h</sup> gu brìghmhor.

dh'òibrich e gu cumhachdach annam-sa mar an ceudna chum nan Cinneach.)

9 Agus an uair a thuig Seumas, agus Cephas, agus Eoin, a tha air am meas 'nam postaibh, an gràs a thugadh dhomh, thug iad dhomhsa agus do Bharnabas deas làmh a' chomuinn; ionnas *gu rachamaid* chum nan Cinneach, agus iad féin chum an timchioll-ghearraidh.

10 A mhàin *b'aill leo* gu'm bith-eamair cuimhneach air na bochdaibh; nì mar an ceudna a bha ro-thoil i agam féin a dheanamh.

11 Ach an uair a thainig Peadar gu h-Antioch, sheas mi 'na aghaidh as an eudan, a chionn gu'n robh e r'a choireachadh.

12 Oir roimh do dhream àraidh teachd o Sheumas, dh'ith e biadh maille ris na Cinnich: ach an uair a thainig iadsan, chaidh e a thaobh agus thearbaidh se e féin, aireagal na muinntir a bha do'n timchioll-ghearradh.

13 Agus rinn na h-Iudhaich eile gnùis-mhealladh maille ris mar an ceudna; ionnas gu'n d'thugadh Barnabas mar an ceudna a thaobh le'n cluaini.

14 Ach an uair a chunnaic mise nach do ghluais iad san t-slighe dhirich<sup>m</sup>, a réir fìrinn an t-soisgeul, thubhairt mi ri Peadar 'nam fianuis uile, Ma tha thusa, a tha a'd' Iudhach, a' caitheadh do bheatha a réir nan Cinneach, agus cha'n ann a réir nan Iudhach, c'ar son a ta thu 'g éigheachadh nan Cinneach am beatha chaitheadh mar na h-Iudhaich?

15 Air dhuinne a tha 'nar n-Iudhaich a thaobh nàduir, agus cha'n ann 'nar peacaich do na Cinneachaibh,

16 Fios a bhi againn nach 'eil duine air fhìreanachadh o oibribh an lagha, ach tre chreidimh Iosa Crìosd, chreid siune féin ann an Iosa Crìosd; chum gu'm bitheamaid air ar fireanachadh o chreidimh Crìosd, agus cha'n ann o oibribh an lagha: oir o oibribh an lagha cha bhi feòil sam bith air a fireanachadh.

17 Ach air dhuinn bhi 'g iarraidh

bhi air ar fireanachadh tre Chrìosd, ma gheibhear 'nar peacaich sinn féin, *um bheil* uime sin Crìosd 'na mhinist-eir peacaidh? Nar leigeadh Dia.

18 Oir ma thogas mi a rìs suas na nithe a leag mi, tha mi deanamh ciontach dhiom féin.

19 Oir a ta mise tre'n lagh marbh do'n lagh, chum gu'm bithinn beo do Dhia.

20 Tha mi air mo cheusadh maille ri Crìosd: gidheadh a ta mi beo; ach cha mhise, ach Crìosd a ta beo annam: agus a' bheatha a ta mi nis a' caitheadh san fheòil, caitheam i tre chreidimh Mhic Dhé, a ghràdh-aich mi, agus a thug e féin air mo shon.

21 Cha 'n'eil mi a' cur gràis Dé an neo-brìgh<sup>n</sup>: oir ma tha fireantachd tre'n lagh, is ann gun aobhar a fhuair Crìosd bàs.

## C A I B. III.

1 Tha e fèraich ciod a dh'aom iad *gus an creidimh a thréigsinn*, agus dèigh a chur san lagh. 6 Tha'n droing a tha creidsinn air am fhìreanachadh, 9 agus air am beannachadh maille ri Abraham: 10 agus a ta e dearbhadh so le ìomadh reuson.

O A Ghalatianacha amaideach, cò a chuir druidheachd oirbh, ionnas nach biodh sibh ùmhal do'n fhìrinn, d'an robh Crìosd air a nochdadh gu soilleir<sup>o</sup> fa chomhair bhur sùl, air a cheusadh 'nar measg?

2 So a mhàin b'aill leam fhòghlum uaibh, An ann o oibribh an lagha a fhuair sibh an Spiorad, no o éisdeachd a' chreidimh?

3 Am bheil sibh co amaideach *as sin?* air dhuibh tòiseachadh san Spiorad; am bheil sibh a nis air bhur deanamh foirfe leis an fheòil?

4 An d'fhuiling sibh na h-uiread sin do nithibh gu dìomhain? ma's ann da rìreadh gu dìomhain.

5 An ti uime sin a tha frithealadh dhuibh an Spioraid, agus ag oibreachadh mhìorbhuile 'nar measg, an ann trid oibre an lagha, no trid éisdeach a' chreidimh a nì e so?



6 Amhuil mar a chreid Abraham Dia, agus a mheasadh sin dha mar fhìreantachd.

7 Uime sin biodh fhios agaibh, an droing a tha do'n chreidimh, gur iad sin clann Abraham.

8 Oir air fhaicinn roimhe do'n scriobtuir gu'm fìreanaicheadh Dia na Cinnich tre chreidimh, shearmonaich e an soisgeul roimh-làimh do Abraham, *ag ràdh*, Beannuichear na h-uile Chinnich annadsa.

9 Uime sin tha an droing a tha do'n chreidimh, air am beannachadh maille ri Abraham, fìor chreidmheach.

10 Oir a mheud 's a ta do oibribh an lagha, tha iad fuidh'n mhallachadh: oir a ta e scriobhta, *Is malluichte gach neach nach buanaich*<sup>p</sup> auns na h-uile nithibh a ta scriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

11 Ach *is* ni follaiseach, nach fìreanaichear neach sam bith tre'n lagh am fianuis Dé; oir, Bithidh am fìrean beo tre chreidimh.

12 Agus cha 'n'eil an lagh o chreidimh: ach, An duine a ni iad gheibh e beatha anna<sup>r</sup>.

13 Shaor Crìosd sinne o mhallachadh an lagha, air dha bhi air a dheanamh 'na mhallachadh air ar son: oir a ta e scriobhta, *Is malluichte gach aon a chrochar air crann*:

14 Chum gu'n d'thigeadh beannachadh Abraham air na Cinnich trìd Iosa Crìosd; ionnas gu faigheamaid gealladh an Spioraid tre chreidimh.

15 A bhràithre, labhran mar dhuine; ge nach bi ann ach coimhcheangal<sup>s</sup> duine, ma tha e air a dhaingneachadh, cha chuir neach air bith air cùl e, agus cha chuirear ni sam bith ris.

16 A nis is ann do Abraham a thugadh<sup>t</sup> na geallanna agus d'a shìol. Ni'n abair e, Agus do shìoltaibh, mar gu'm biodh e labhairt mu mhòran; ach mar mu aon, Agus do d' shìolsa, neach a's-e Crìosd.

17 Agus a deiream so, nach fheudar gu'n cuir an lagh, a thugadh an

ceann cheithir cheud agus dheich bliadhna fichead 'na dhéigh an coimhcheangal an neo-brìgh, a dhaingnich-eadh roimhe le Dia ann an Crìosd, ionnas gu'n cuireadh e an gealladh air cùl.

18 Oir ma's ann o'n lagh a ta an oighreachd, cha 'n'eil i ni's mò o'n ghealladh: ach thug Dia gu saor i do Abraham tre ghealladh.

19 C'ar son uime sin a thugadh an lagh? thugadh e air son eusaontais, gus an d'thigeadh an sìol, d'an d'rinneadh an gealladh; air orducladh le ainglibh an làimh eadar-mheadhonair.

20 A nis an t-eadar-mheadhonair, cha'n ann air son aoin a ta e 'na eadar-mheadhonair; ach is aon Dia.

21 Uime sin am bheil an lagh an aghaidh gheallanna Dé? Nar leigeadh Dia: oir nam biodh lagh air a thabhairt a bhiodh comasach air beatha thoirt uaith, gu deimhin is ann o'n lagh a bhiodh fìreantachd.

22 Ach dh'fhàg an scriobtuir na h-uile dhaoine dùinte sa' phlacadh, chum gu'm biodh an gealladh tre chreidimh Iosa Crìosd air a thoirt dhoibhsan a ta creidsinn.

23 Ach mu'n d'thainig an creidimh, choimhichidh sinn fuidh'n lagh, air ar druidealh a steach chum a' chreidimh, a bha gu bhi air fhoillseachadh.

24 Uime sin b'e an lagh ar n-oid-fhòghluim<sup>u</sup> g'ar treòrachadh gu Crìosd, chum gu bitheamaid air ar fìreanachadh tre chreidimh.

25 Ach air teachd do'n chreidimh, cha 'n'eil sinn ni's mò fuidh oid-fhòghluim.

26 Oir is sibhse uile mic Dhé tre chreidimh ann an Iosa Crìosd.

27 Oir a mheud agaibh 'sa bhaisteadh do Chrìosd, chuir sibh umaibh Crìosd.

28 Cha 'n'eil Iudhach no Greugach, cha 'n'eil saor no daor, cha 'n'eil fìrionn no bainionn<sup>a</sup> ann: oir is aon sibh uile ann an Iosa Crìosd.

29 Agus ma's le Crìosd sibh, is sibh sìol Abraham gun amharus,

<sup>p</sup> fan. <sup>r</sup> ieo. <sup>s</sup> cunradh, cùmhan. <sup>t</sup> labhradh, rinneadh. <sup>u</sup> ar maighstir-scoile. <sup>a</sup> boirionn.

agus is. oighreacha sibh a réir a' gheallaidh.

## C A I B. IV.

1 Bha sinn fuidh'n lagh, gus an d'thainig Crìosd, mar a ta an t-oighre fuidh a thuiteir gus an d'thig e gu h-aois. 5 Ach shaor Crìosd sinn o'n lagh : 7 uime sin cha 'n'eil sinn 'nar seirbhisich ni's faide dha. 14 Tha e cur an cuimhne dhoibh an deadh-ghean dasan, agus a dheadh-rùin féin doibhsan; 22 agus tha e nochdadh gur sinne clann Abrahaim thaobh na mnà saoire.

**A** NIS a deiream, am feadh a bhios an t-oighre 'na leanabh, nach 'eil eadar-dhealachadh sam bith eadar e agus seirbhiseach, ge d' is e Tighearn nan uile;

2 Ach a ta e fuidh luchd-coimhid b agus fuidh luchd-riaghluidh gu teachd na h-aimsire a dh'orduich an t-athair.

3 Agus mar an ceudna sinne, 'nuair a bha sinn 'nar leanabaibh, bha sinn ann an daorsa fuidh cheud fhòghlum an t-saoghail :

4 Ach an uair a thainig coimh-lionadh na h-aimsire, chuir Dia a Mhac féin uaith a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fuidh'n lagh,

5 Chum gu'n saoradh e iadsan a bha fuidh'n lagh, ionnas gu faigheamaine uchd-mhacachd na cloinne.

6 Agus do bhrìgh gur mic sibh, chuir Dia Spiorad a Mhic féin ann bhur cridhibh, ag éigheach, Abba, Athair.

7 Uime sin cha seirbhiseach thu ni's mò, ach mac; agus ma's mac, is oighre mar an ceudna air Dia tre Chrìosd.

8 Gidheadh, an uair nach b'aithne lhuibh Dia, rinn sibh seirbhis lhoibhsan nach 'eil 'nan dée thaobh ràdur.

9 Ach a nis air dhuibh Dia aithneachadh, no' mar is fearr a dh'fheudar ràdh, bhi air bhur n-aithneachadh e Dia, cionnus a ta sibh ag ath-hilleadh chum nan ceud-thoiseach nmhunn uireashuidheach<sup>c</sup>, d'am

miann leibh bhi a ris fuidh dhaorsa?

10 Tha sibh a' coimhead làithean, agus mhiosan, agus amisirean, agus bhliadhnan.

11 Tha eagal orm d'ar taobh, gu'n do chaith mi gu dìomhain mo shaoth-air oirbh.

12 Guidheam oirbh, a bhràithre, bithibh mar a ta mise, oir a ta mise mar sibhse; cha d'rinn sibh eucoir sam bith orm.

13 Tha fhios agaibh gu'm b'ann trid anmhuinneachd na feòla, a shearmonaich mi dhuibh an soisgeul air tùs.

14 Agus air mo bhuaireadh a bha ann am fheòil, cha d'rinn sibh tarcuais, agus cha do ghabh sibh gràin diomd<sup>d</sup>; ach ghabh sibh rium mar aingeal<sup>e</sup> Dé, mar Iosa Crìosd.

15 Ciod e ma seadh<sup>f</sup> an sonas sin a bha agaibh? oir a ta mi deanamh fianuis duibh, nam bu chomasach e, gu'n spionadh sibh a mach bhur sùile féin, agus gu'n d'thugadh sibh dhomhsa iad.

16 Uime sin an d'rinneadh nàmhaid duibh dhìom, air son mi dh'inns-eadh na fìrinn duibh?

17 Tha iadsan eudmhor umaibh, ach cha'n ann gu maith; ach b'àill leo sinne dhruideadh a mach, chum gu'm biodh sibhse eudmhor umpa féin.

18 Ach is maith a bhi eudmhor ann an nì maith a ghnàth, agus cha'n e mhàin an uair a ta mise a làthair maille ribh.

19 Mo chlann bheag, air am bheil mi a ris ri saothair, gus an dealbhar Crìosd annaibh,

20 B'àill leam bhi nis a làthair maille ribh, agus mo ghuth a chaochladh, oir a ta mi fuidh amharus umaibh.

21 Innsibh dhomh, sibhse le'm miann bhi fuidh'n lagh, nach cluinn sibh an lagh?

22 Oir a ta e scrìobhta, gu robh aig Abraham dithis mhac; aon ri ban-oglaich<sup>g</sup>, agus am mac eile ri mnaoi shaoir.

23 Agus esan a bh'aige ris a'

b thuiteiribh. c anmhunn agus bochd. d cha do chuir sibh cùl ris.

e theachdaire. f C'àit am bheil. g mnaoi dhacir, ban-tràill.



bhan-oglaich, ghineadh a réir na feòla e : ach esan a bh'aige ris a' mhnaoi shaoir, tre ghealladh.

24 Na nithe so is samhladh iad<sup>h</sup>; oir is iad so an dà choimh-cheangal i; aon diubh o bheinn Shinai, a ta a' breith chum daorsa, a's i Agar.

25 Oir is i Agar beinn Shinai ann an Arabia, agus tha i a' coimh-fhreagradh do Ierusalem a tha nis ann, agus tha i fuidh dhaorsa maille r'a cloinn.

26 Ach a ta an Ierusalem a ta shuas saor, agus is màthair dhuinn uile i.

27 Oir a ta e scribedhta, Dean gairdeachas, a bhean neo-thorach<sup>l</sup> nach 'eil a' breith cloinne; bris a mach agus glaoth, thusa nach 'eil ri saothair: oir is lionmhoire clann na mnà aonaranaiche<sup>m</sup> na na mnà aig am bheil fear.

28 A nis, a bhràithre, is sinne, mar a bha Isaac, clann a' gheallaidh.

29 Ach mar a rian esan a rugadh réir na feòla, san àm sin geur-leanmhuinn airsan a rugadh a réir an Spioraid, is amhuil sin a ta nis mar an ceudna.

30 Ach ciod a deir an scribedhtair? Tilg a mach a' bhan-oglach agus a mac: oir cha bhi mac na ban-oglaich na roghre maille ri mac na mnà saoire.

31 Uime sin a bhràithre, cha sinne clann na ban-oglaich, ach na mnà saoire.

#### C A I B. IV.

1 Tha e 'gam brosnachadh gu seasamh 'nan saorsa, 3 agus gun an timchioll-ghearradh a ghnàthachadh: 15 ach roghuinn a dheanamh do ghradh, nì a's e coimhlionadh an lagha: 19 tha e a' cur sìos oibre na feòla, 22 agus ag uinmeachadh toraidh an Spioraid; 25 agus 'g an earalachadh<sup>n</sup> chum gluasachd san Spiorad.

**U**IME sin seasaidh gu daingean anns an t-saorsa leis an d'rìan

Criosd saor sinn, agus na bithibh a ris air bhur cuibhreachadh le cuing na daorsa.

2 Feuch, a deireamsa Pòl ribh, ma thimchioll-ghearrar sibh, nach bi tairbhe air bith dhuibh ann an Criosd.

3 Oir a ta mi a ris a' deanamh fianuis do gach uile dhuine a thimchioll-ghearrar, gu bheil a dh'fhiachaidh air an lagh gu h-iomlan a choimhlionadh.

4 Cha 'n'eil tairbhe sam bith ann an Criosd dhuibhse<sup>o</sup> a ta air bhur fireanachadh tre'n lagh; thuit sibh o ghràs.

5 Oir a ta sinne tre'n Spiorad a' feitheamh ri dòchas fireantachd o chreidimh.

6 Oir ann an Iosa Criosd, cha 'n'eil éifeachd<sup>p</sup> sam bith ann an timchioll-ghearradh, no ann an neo-thimchioll-ghearradh, ach ann an creidimh a dh'oibriceas tre ghradh.

7 Is maith a ruith sibh; cò a bhac sibh, o bhi ùmhail do'n fhirinn?

8 Cha d'fhaig an impidh so o'n ti a ghairm sibh.

9 Goirtichidh<sup>r</sup> beagan do thaois ghoirt am meall uile.

10 Tha muinghin agam asaidh san Tighearn, nach bi sibh dh'aon dòigh air atharrachadh inntinn: ach an ti a ta cur dragha oirbh, giùlainidh e o bhreitheanas, cò air bith e.

11 Agus mise, a bhràithre, ma shearmonaicheas mi fathast an timchioll-ghearradh, o'ar son a nithean fathast geur-leanmhuinn orm? an si bhiodh oilbheum a' chroinn-cheusaidh air a chur air cùl?

12 B'fhearr leam gu'm biodh iad san a ta cur mi-shuaimhneas<sup>s</sup> oirbh eadhon air an gearradh uaibh<sup>t</sup>.

13 Oir, a bhràithre, ghairmeadh chum saorsa sibh; a mhàin na dean aibh an t-saorsa 'na cion-fàth do' fheòil, ach le gràdh deanaibh seirbhi d'a chéile.

14 Oir tha an lagh uile air choimhlionadh ann an aon fhocal

<sup>h</sup> asda so tha nì eile r'a thuigsinn. <sup>i</sup> chumhnant. <sup>i</sup> sheasg, gun sliochd.

<sup>m</sup> tréigte <sup>n</sup> a' cur impidh orra. <sup>o</sup> rinneadh Criosd gun tairbhe dhuibh.

<sup>p</sup> brigh, neart. <sup>r</sup> Geuraichidh. <sup>s</sup> dragha. <sup>t</sup> air an gearradh as bhur comunn.

eadhon an so; Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin.

15 Ach ma bhios sibh a' teumadh agus ag itheadh a chéile, thugaibh aire nach claidhear leis a chéile sibh.

16 A deiream ma seadh, Gluaisibh<sup>u</sup> san Spiorad, agus cha choimhlion sibh ana-mhiann na feòla.

17 Oir a ta an fheòil a' miannachadh an aghaidh an Spioraid, agus an Spiorad an aghaidh na feòla: agus a ta iad sin an aghaidh a chéile; ionnas nach faigh sibh na nithe bu mhiann leibh a dheanamh.

18 Ach 'ma threòraichear leis an Spiorad sibh, cha 'n-eil sibh fuidh'n lagh.

19 A nis tha oibre na feòla follaiseach, a's iad so, adhaltrannas, strìopachas, neo-ghloine, macnus<sup>a</sup>,

20 Iodhol-aoradh, druidheadh<sup>b</sup>, naimhdeas, connsachadh, co-fharpuis<sup>c</sup>, fearg, comh-stri, aimhreite, saobh-chreidimh<sup>d</sup>,

21 Farnad, mortadh, misg, ruidhteireachd<sup>e</sup>, agus an leithide sin: mu bheileam ag innseadh dhuibh roimh-làimh, mar a dh'innis mi dhuibh a cheana mar an ceudna, nach sealbhaich iadsan a ni an leithide sin riogha-chd Dhé mar oighreachd.

22 Ach is e toradh an Spioraid gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh<sup>f</sup>,

23 Macantas<sup>g</sup>, stuaim: an aghaidh an samhail sin cha 'n-eil lagh.

24 Agus iadsan a's le Crìosd, cheus iad an fheòil, maille r'a h-an-tograibh agus a h-ana-mhiannaibh.

25 Ma's beo dhuinn san Spiorad, gluaiseamaid san Spiorad mar an ceudna.

26 Na bitheamaid déidheil air glòir dhiomhain<sup>h</sup>, a' brosnachadh a' chéile, a' gabhail farmaid r'a chéile.

## C A I B. VI.

1 Tha e 'g iarraidh orra buntainn gu sèimh ri bràthair a thuislich, 2 agus uallach a cheile a ghiùlan, 6 bhi tabhartach d'an luchd-teagaisg, 9

agus gun sgitheachadh do mhaith a dheanamh: 12 tha e nochdadh ciòl agus am bheil iadsan a ta searmonachadh an timchioll-ghearraidh: 14 cha dean e féin uail a ni sam bith ach a crann-ceusaidh Chrìosd.

**A** BHRAITHRE, ma ghlacar neach ann an coire air bith gu h-obann, sibhse a ta spioradail, tog-aibh suas a shamhuil sin do dhuine, ann an spiorad na macantachd; a' toirt aire dhuit féin, nach buairear thu mar an ceudna.

2 Giùlainibh uallach<sup>a</sup> a chéile, agus mar sin coimhlionaibh lagh Chrìosd.

3 Oir ma shaoileas duine gur ni éigin e féin, gun bhi ann ach neo-ni, tha e 'ga mhealladh féin.

4 Ach dearbhadh gach neach obair féin, agus an sin bithidh aobhar gairdeachais<sup>m</sup> aige d'a thaobh féin<sup>n</sup> a mhàin, agus ni h-ann a thaobh neach eile.

5 Oir giùlainidh gach neach uallach féin.

6 Comh-roinneadh an neach a ta air a theagasg san fhocal, ris an neach a ta 'ga theagasg, anns na h-uile nithibh maithe.

7 Na meallar sibh; cha deanar fanoid air Dia: oir ge b'e ni a shìol-chuireas duine, an ni ceudna buainidh e.

8 Oir an ti a chuireas d'a fheòil féin, buainidh e o'n fheòil truailidheachd: ach an ti a chuireas do'n Spiorad, buainidh e o'n Spiorad a' bheatha shuthainn.

9 Agus na sgithicheamaid do mhaith a dheanamh: oir ann an àm iomchuidh buainidh sinn, mur fannaich<sup>o</sup> sinn.

10 Uime sin a réir mar a ta fàth<sup>p</sup>, againn, deanamaid maith do na h-uile dhaoinibh, ach gu h-àraid dhoibhsan a ta do theaghlach a' chreidimh.

11 Tha sibh a' faicinn meud na litreach a sgrìobh mi dhuibh le m làimh féin.

12 A mheud le'm miann iad féin

<sup>u</sup> siubhlaibh, imichibh. <sup>a</sup> mì-nàire. <sup>b</sup> buitseachas. <sup>c</sup> comortus. <sup>d</sup> éiriceachd.

<sup>e</sup> anabharr, geocaireachd, craos. <sup>f</sup> firinn. <sup>g</sup> ciuineas.

<sup>h</sup> earraghloir. <sup>i</sup> a' chiuineis. <sup>l</sup> eallacha. <sup>m</sup> uail.

<sup>n</sup> ann féin. <sup>o</sup> lagaich. <sup>p</sup> cothrom.



a thaisbeanadh gu sgiamhach san fheòil, tha iad 'gar n-éigheachadh chum bhi air bhur timchioll-ghearradh; a mhàin chum nach deantadh geur-leanmhuinn orra air son crann-ceusaidh Chrìosd.

13 Oir cha 'n'eil iadsan féin a tha air an timchioll-ghearradh a' coimhead an lagha: ach is àill leo sibhse bhi air bhur timchioll-ghearradh, chum as gu dean iad uaill ann bhur feòil.

14 Ach nar leigeadh Dia gu deanaoinse uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Crìosd, tre'm bheil an saoghal air a cheusadh

dhomhsa, agus mise do'n t-saoghal.

15 Oir ann an Iosa Crìosd cha 'n'eil éifeachd air bith ann an timchioll-ghearradh, no ann an neo-timchioll-ghearradh, ach ann an cruthachadh<sup>r</sup> nuadh.

16 Agus a mheud 's a shiubhlas a réir na riaghail so, sìth orra, agus tròcair, agus air Israel Dé.

17 O so a mach na cuireadh neach sam bith dragh orm; oir a ta mi giùlan chomharan an Tighearna Iosa ann mo chorp.

18 A bhràithre, *gu robh gràs ar Tighearna Iosa Crìosd maille r'ar spiorad. Amen.*

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN EPHESIANACH.

1 *An déigh fàilte, 3 agus breith-buidh-cachais air son nan Ephesianach, 4 tha e tabhairt mu thaghadh, 6 agus uchd-mhacachd thaobh gràis, 11 ni a's e am fìor thobar o'm bheil slàinte a' chinneadh-daonna a' sruthadh, &c.*

**P**OL abstol Iosa Crìosd tre thoil Dé, chum nan naomh a ta ann an Ephesus, agus nan creidmheach ann an Iosa Crìosd:

2 Gràs dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Crìosd.

3 Beannuichte *gu robh* Dia eadhon Athair ar Tighearna Iosa Crìosd, a bheannuich sinne leis gach uile bheannachadh spioradail ann an *ionadaibh* nèamhaidh<sup>s</sup> ann an Crìosd:

4 A réir mar a thagh e sinne annsan, mun do leagadh bunaite an domhain, chum gu'm bitheamaid naomha, agus neo-choireach 'na làthairsan ann an gràdh:

5 A roimh-orduich sinne chum uchd-mhacachd na cloinne tre Iosa

Crìosd dha féin, a réir deadh-ghean a thoile,

6 Chum cliu glòire a ghràis, tre an d'rinn e sinne taitneach<sup>t</sup> ann a *Mhac* gràdhach:

7 Anns am bheil againne saorsa<sup>u</sup> tre fhuilsan, maitheanas nam peacadh, réir saibhreis a ghràis;

8 Anns an robh e rophailte dhuinne san uile ghliocas, agus thuigse:

9 A dh'fhoillsich dhuinn rùn-diomhair a thoile, réir a dheadh-ghean féin, a rùnaich e ann féin:

10 Chum ann am frithealadh coimhlionaidh nan aimsir, gu'n cruinnicheadh e ann an aon na h-uile nithe ann an Crìosd, araon na nithe a ta air nèamh, agus na nithe a ta air talamh, eadhon annsan:

11 Anns an d'fhuair sinne mar an ceudna oighreachd, air dhuinn bhi air ar roimh-orduchadh a réir rùin an ti a ta 'g oibreachadh nan uile nithe réir comhairle a thoile féin;

12 Ionnas gu'm bitheamaidne a

<sup>r</sup> creutair. <sup>s</sup> nithibh nèamhaidh. <sup>t</sup> trid an do nochd e dhuinne mòr dheadh-ghean. <sup>u</sup> fuasgladh.

chuir air tùs dòchas ann an Criosd, chum cliu a ghlòire-san.

12 Anns an do chuir sibhse mar an ceudna dòchas, air dhuibh focal na fìrinn a chluinntinn, eadhon soisgeul bhur slàinte: neach an déigh dhuibh creidsinn ann, chuireadh seula oirbh le Spiorad naomha sin a' gheallaidh,

14 Neach is e geall-daingnich<sup>a</sup> ar n-oighreachdne, gu teachd saorsa na seilbhe a cheannachadh<sup>b</sup>, chum cliu a ghlòire.

15 Uime sin air cluinntinn domhsa mar an ceudna bhur creidimhse anns an Tighearn Iosa, agus bhur gràidh do na naoimh uile,

16 Ni'n sguiream do bhi toirt buidheachais air bhur son, a' luadh oirbh ann am ùrnuighibh;

17 Gu'n d'thugadh Dia ar Tighearna Iosa Criosd, Athair na glòire, spiorad gliocais agus foillseachaidh<sup>c</sup> dhuibh, ann an eòlas airsan<sup>d</sup>;

18 Sìile bhur n-inntinn bhi air an soillseachadh, chum fios a bhi agaibh ciod e dòchas a ghairmesan, agus ciod e saibhreas glòire oighreachdsan anns na naomhaibh,

19 Agus ciod e ro-mheud a chumhachd d'ar taobhne a ta creidsinn, a réir oibreachaidh a thréin neirt;

20 A dh'oibrich e ann an Criosd, nuair a thog e o na marbhaibh e, agus a chuir e na shuidhe air a dheas-làimh fein e anns na h-ionadaibh nèamhaidh,

21 Gu ro àrd os ceann gach uile uachdaranachd, agus cumhachd, agus neirt, agus tighearnais, agus gach ainme a dh'ainmichear, cha'n e mhàin san t-saoghal so, ach san t-saoghal ri teachd mar an ceudna.

22 Agus chuir e na h-uile nithe fuidh a chosaibh, agus thug se e gu bhi 'na cheann os ceann nan uile nithe do'n eaglais,

23 A ta 'na corp aige, lànachd an ti a ta lionadh nan uile nithe anns na h-uile.

## C A I B. II.

5 Leis a choimeas r'a chéile ciod a

bha sinn thaobh nàduir, 5 agus ciod a tha sinn thaobh gràis, 10 tha e cur an céill gu'n d'rinneadh sinn air son dheadh oibre; agus air dhuinn bhi air ar toirt am fagus tre Chriosd, 11 nach còir dhuinn ar beatha a chaitheadh mar Chinnich, 12 agus mar choigrich, amhuil anns an àm a chaidh seachad, 19 ach mar luchd aon bhaile ris na naoimh, agus mar theaghlach Dhé.

**A** GUS bheothaich e sibhse a bha marbh ann an euceartaibh agus ann am peacaibh,

2 Anns an do ghluais<sup>e</sup> sibh sna h-amannaibh a chaidh seachad, a réir gnàtha<sup>f</sup> an t-saoghail so, a réir uachd-arain<sup>g</sup> cumhachd an athair, an spioraid a tha nis ag oibreachadh ann an cloinn na h-easumhlachd.

3 Am measg an robh againn uile mar an ceudna ar caitheadh-beatha roimhe so, ann an ana-mhiannaibh ar feòla, a' deanamh toil na feòla, agus nan smuainteh; agus bha sinn a thaobh nàduir 'nar cloinn na feirge, eadhon mar chàch.

4 Ach Dia, a ta saibhir ann an tròcair, air son a mhòr ghràidh leis an do ghràdhaich e sinn,

5 Eadhon air dhuinn a bhi marbh ann am peacaibh, chomh-bheothaich e sinn maille ri Criosd, (le gràs a ta sibh air bhur slànuchadh i.)

6 Agus chomh-thog, agus chomh-shuidhich e sinn ann an ionadaibh nèamhaidh ann an Iosa Criosd:

7 Chum gu'm foillsicheadh e anns na linnibh ri teachd saibhreas ro phailt a ghràis, ann an caoimhneas d'ar taobhne trid Iosa Criosd.

8 Oir is ann le gràs a ta sibh air bhur slànuchadh, tre chreidimh; agus cha'n ann uaibh féin: is e tiodhlacadh<sup>i</sup> Dhé e:

9 Cha'n ann o oibrich, chum nach deanadh neach air bith uaill:

10 Oir is sinne obairsan, air ar cruthachadh ann an Iosa Criosd chum dheadh oibre, air son an d'ulluich Dia roimh-làimh sinn, chum gu'n gluaiseamaid anna.

<sup>a</sup> earlas. <sup>b</sup> dh'fhuasgladh. <sup>c</sup> taisbeanadh. <sup>d</sup> chum esan aideachadh.

<sup>e</sup> Anns an robh sibh ag imeachd. <sup>f</sup> gnàthachaidh. <sup>g</sup> prionnsaidh. <sup>h</sup> na h-inntin, a' chridhe. <sup>i</sup> tearnadh, saoradh, sàbhaladh. <sup>l</sup> saor thabhartas.



11 Uime sin cuimhnichibh, air dhuibh a bhi san aimsir a' chaidh thairis 'nar Cinnich san fheòil, d'an goirear an neo-thimchioll-ghèarradh leosan d'an goirear an timchioll-ghèarradh làmh-dheanta san fheòil;

12 Gu robh sinn san àm sin as eugmhais Chrìosd, 'nar coimhich do chomh-fhlaitheachd<sup>m</sup> Israeil, agus 'nar coigrich do choimh-cheanglaibh a' gheallaidh, as eugmhais dòchais, agus gun Dhia anns an t-saoghal:

13 Ach a nis ann an Iosa Crìosd, tha sibhse a bha roimhe so fad o làimh, air bhur toirt am fagus trid fola Chrìosd.

14 Oir is esan ar sìothchaintne, a rinn aon dhinn araon, agus a bhris sìos balla meadhonach an eadar-dhealachaidh;

15 Air dha an naimhdeas a chur air cùl tre fheòil féin, eadhon lagh nan àitheanta, a chuireadh sìos ann an orduighibh, chum gu'n deanadh e ann féin do dhithis aon duine nuadh, a' deanamh sìth.

16 Agus gu'n deanadh e réidh far-aon iad ri Dia ann an aon chorp trid a' chroinn-cheusaidh, air dha an naimhdeas a mharbhadh le sin:

17 Agus thainig e agus shearmonaich e sìothchaint dhuibhse a bha am fad, agus dhoibhsan a bha am fagus.

18 Oir tridsan tha araon slighe againn gu dol a steach trid aon Spioraid chum an Athar.

19 A nis uime sin cha 'n'eil sibh ni's mò 'nar coigrich agus 'nar coimhich, ach 'nar luchd aon bhaile ris na naomhaibh, agus 'nar muinntir-teaghaich Dhé;

20 Agus tha sibh air bhur togail suas air bunait nan abstol agus nam fàidh, air bhi do Iosa Crìosd féin 'na chloich-chinn na h-oisinn;

21 Anns am bheil an aitreabh uile, ceangailte gu ceart r'a chéile, a' fàs suas chum bhi 'na teampull naomha san Tighearn:

22 Anns am bheil sibhse mar an ceudna air bhur comh-thogail suas chum bhi 'nar tigh-còmhnuidh do Dhia trid an Spioraid.

### C A I B. III.

5 Rinneadh an rùn-dìomhair, 6 gu'm biodh na Cinnich air an saoradh, fhoillseachadh do Phòl; 8 agus thugadh an gràs dhasan, sin a shearmonachadh: 13 tha e 'g iarraidh orra gun iad a dh'fhannachadh air son a thrioblaidan, 14 agus tha e guidheadh, 19 iadsan a thuigsinn mòr ghràidh Chrìosd d'an taobh.

A IR an aobhar so, tha mise Pòl a'm phriosunach Iosa Crìosd, air bhur sonsa, a Chinneacha;

2 O chuala<sup>n</sup> sibh mu fhrithéaladh gràis Dé, a thugadh dhomhsa air bhur sonsa<sup>o</sup>:

3 Gu'n d'rinn e aithnichte dhomh tre fhoillseachadh<sup>p</sup>, an rùn-dìomhair (mar a scriobh mi roimhe gu h-aithghearr,

4 Leis am feud sibh air dhuibh a leughadh, m'èolas ann an rùn-dìomhair air Chrìosd a thuigsinn.)

5 Ni ann an linnibh eile air nach d'thugadh fios do chloinn nan daoine, mar a ta e nis air fhoillseachadh d'a abstolaibh naomha agus d'a fhàidhibh trid an Spioraid;

6 Gu'm biodh na Cinnich 'nan comh-oighreachaibh, agus 'nan comh-chorp, agus 'nan luchd-comhpairt d'a ghealladhsan ann an Crìosd, trid an t-soisgeil:

7 Air an d'rinneadh mise a'm mhinisteir, a réir tiodhlaic gràis Dé a thugadh dhomh, a réir oibreachaidh éifeachdaich a chumhachdsan.

8 Dhomhsa, a's lugha na'n ti a's lugha do na naomhaibh uile, thugadh an gràs so, saibhreas Chrìosd nach feudar a raunsachadh a shearmonachadh am measg nan Cinneach;

9 Agus gu'n deanainn soilleir do no na h-uile dhaoinibh, ciod e comunn an rùn-dìomhair sin, a bha folaichte ann an Dia o thoiseach an t-saoghail, a chruthaich na h-uile nithe trid Iosa Crìosd;

10 Chum gu'n deantadh aithnichte nis do na h-uachdaranachdaibh agus do na cumhachdaibh ann an ionadaibh nèamhaidh, leis an eaglais, gliocas eagsamhuil<sup>r</sup> Dhé,

<sup>m</sup> chomh-chomunn.

<sup>n</sup> Ma chuala.

<sup>o</sup> d'ar taobhsa.

<sup>p</sup> thaisbean.

<sup>r</sup> iomadh-gnètheach.

11 A réir an rùin shiorruidh<sup>s</sup> a rùnaich e ann an Iosa Criosd ar Tigh-earn :

12 Anns am bheil againn dànachd agus slighe gu dol a steach ann am muinghin trid a chreidimhsan.

13 Uime sin iarram nach lagaich sibh a leth mo thrioblaideansa air bhuirson, ni a's e bhuir glòirse.

14 Air an aobhar so lùbam mo ghluine do Athair ar Tighearna Iosa Criosd,

15 Air an ainmichear an teaghlach uile air nèamh agus air talamh,

16 Gu'n deònaicheadh e dhuibh a réir saibhreis a ghloire, bhi air bhuir neartachadh gu treunt, trid a Spioraidsan anns an duine an leth stigh ;

17 Ionnas gu'n gabh Criosd còmhuidh ann bhuir cridhe tre chreidimh ; chum air dhuibh bhi air bhuir freumhachadh, agus air bhuir stéidheachadh<sup>u</sup> ann an gràdh,

18 Gu'm bi sibh comasach maille ris na naomhaibh uile, air a thuigsinn ciod e leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde ;

19 Agus air gràdh Chriosd aithneachadh, a chaidh thar gach uile eòlas, chum as gu'm bi sibh air bhuir lìonadh le uile lànachd Dhé.

20 A nis dhasan d'an comas na h-uile nithe a dheanamh gu h-anabarrach rophailt thar gach ni a's urradh sinne iarruidh no smuaineachadh, a réir a' chumhachd a ta 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annainn,

21 Dhasan gu robh glòir anns an eaglais trid Iosa Criosd, air feadh gach uile linn, gu saoghal nan saoghal. Amen.

## C A I B. IV.

1 Tha e 'gan earlachadh chum aonachd ; 7 agus a' cur an céill gu'n d'thug Dia chum na cridhe so tiodhlacan eagsamhuil do dhaoineibh, 15 ionnas gu'm biodh eaglais air a togail, 6 agus gu'm fàsadh i suas ann an Criosd : 18 Tha e 'gan gairm o neo-ghloine nan Cinneach, &c.

UIME sin tha mise prìosunach an Tighearna, a' guidheadh

oibh gu'n gluais<sup>a</sup> sibh gu cubhaidh do'n ghairm leis an do ghairmeadh sibh ;

2 Leis gach uile irioslachd inntinn agus mhiacantas, le fad-fhulangas, a' giùlan le chéile ann an gràdh ;

3 A' deanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead ann an ceangal<sup>b</sup> na sìth.

4 Is aon chorp agus aon Spiorad a ta ann, amhuil mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an aon mhuinghin bhuir gairme ;

5 Aon Tighearna, aon chreidimh, aon bhaisteadh,

6 Aon Dia agus Athair nan uile, a tha os ceann nan uile, agus tre na h-uile, agus annaibhse uile.

7 Ach thugadh gràs do gach aon againn a réir tomhais tiodhlaic Chriosd.

8 Uime sin a deir e, Air dol suas da an àird', thug e bruid am braighdeanas, agus thug e tiodhlacan do dhaoineibh.

9 (A nis gu'n deachaidh e suas, ciod e ach gu'n deachaidh e air tùs sìos gu ionadaibh iochdrach na talmhainn ?

10 An ti a chaidh sìos, is e sin féin e a chaidh suas mar an ceudna gu ròrd os ceann nan uile nèamh, chum gu'n lìonadh e na h-uile nithe.)

11 Agus thug e droing àraidh gu bhi nan abstolaibh ; droing eile, gu bhi 'nam fàidhibh ; agus droing eile, gu bhi 'nan soisgeulaichibh ; agus droing eile, gu bhi 'nan aodhairibh<sup>c</sup>, agus 'nan luchd-teagaisg ;

12 Chum na naoimh a dheasachadh chum oibre na ministreileachd, chum togail suas cuirp Chriosd :

13 Gus an d'thig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhé, chum duine iomlain, chum tomhais àirde lànachd Chriosd :

14 Chum as nach bi sinn a so suas 'nar leanabaibh, air ar tonn-luasgadh, agus air ar giùlan mu'n cuairt leis gach uile ghaoith teagaisg, le cleasachd dhaoine, agus seòltachd cealgach, leis am bheil iad gu h-innleachdach ri feall-fholach chum meallaidh :

A reir roimh-shuidheachaidh nan linn.

<sup>a</sup> imich, siubhail. <sup>b</sup> comh-bhann.

iomlan, a cheangal gu

<sup>c</sup> le cumhachd. <sup>u</sup> bonn-shuidheachaidh

<sup>c</sup> buachaillibh. <sup>d</sup> a dheanamh

diongalta r'a chéile.



15 Ach a' labhairt na fìrinn ann an gràdh, gu'm fàs sinn suas anns na h-uile nìthibh chuigesan<sup>c</sup>, a's e an ceann, *eadhon* Crìosd :

16 O'm bheil an corp uile, air a cheangal gu ceart, agus air a dblùth-achadh trid an nì sin a tha gach alt a' toirt uaith, a réir oibreachaidh eifeachdaich ann an tomhas gach buill, a' faghail fàs cuirp, chum a thogail féin suas ann an gràdh.

17 So uime sin a deiream, agus guidheam am fianuis an Tighearna, gun sibh a dh'imeachd a so suas mar a ta na Cinnich eile ag imeachd, ann an dìomhanas an inntinn féin ;

18 Aig am bheil an tuigse air a dorchachadh, air dhoibh bhì 'nan coimhich do bheatha Dhé, thaobh an aineolais a ta annta, tre chruas an cridhe :

19 Muinntir, air dhoibh am mothachadh a chall, a thug iad féin thairis do mhi-nàiref, chum gach uile neo-ghloine chur an gnìomh le cìocras.

20 Ach cha d'fhòghluim sibhse Crìosd mar so ;

21 O chuala<sup>g</sup> sibh e, agus o theagaisgeadh leis sibh, mar a ta an fhìrinn ann an Iosa :

22 Gu'n cuir sibh dhibh thaobh a' cheud chaitheadh-beatha, an seann duine, a tha truailidh a réir nan anamhiann cealgach :

23 Agus gu'm bì sibh air bhur n-ath-nuadhachadh ann an spiorad bhur n-inntinn :

24 Agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé am fireantachd agus am fìor naomhachd.

25 Uime sin air dhuibh a' bhreug a chur uaibh, labhraibh an fhìrinn gach neach r'a choimhearsnach ; oir is buill sinn d'a chéile.

26 Biodh fearg oirbh, agus na peacaichibh : na luidheadh a' ghrian air bhur corruich :

27 Agus na tugaibh àit do'n diabol.

28 An ti a ghoid, na goideadh e nì's mò : ach gu ma fearr leis saothair a dheanamh, ag oibreachadh an nì

a ta maith le a làmhaidh, chum's gu'm bì aige nì r'a phàrteachadh ris an neach air am bheil uireasbhuidh.

29 Na d'thigeadh cainnt thruailidh air bith a mach as bhur beul, ach an nì sin a ta maith chum deadh-fhòghluim, ionnas gu'n toir e gràs do'n luchd-éisdeachd.

30 Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad naomha Dhé, leis an do chuireadh seula oirbh gu là na saorsa.

31 Biodh gach uile sheirbhe, agus corruich, agus fearg, agus gàrrthaich<sup>h</sup>, agus toibheum<sup>i</sup> air an togail uaibh, maille ris gach uile mhòrun.

32 Agus bithibh caoimhneil teochridheach d'a chéile, a' tabhairt maitheanas d'a chéile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Crìosd.

#### C A I B. V.

2 An dèigh eurailean coitchionn chum gràidh, 3 chum strìopachas a sheachnadh, 4 agus na h-uile neo-ghloine, 7 gun chomhludair a chumail ri daoibh aingidh, 15 imeachd gu faicilleach, 18 agus bhì air an lìonadh leis an Spiorad, 22 tha e labhairt mu dhleasdanasuibh fa leth, cionnas is còir do mhnàibh bhì ùmhail d'am fearaibh-pòsda, &c.

**U**IME sin bithibhse 'nar luchd-leannmhùin<sup>u</sup> air Dia, marchloinn ghràdhaich ;

2 Agus gluaisibh ann an gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Crìosd sinne, agus a thug se e féin air ar son, 'na thabhartas agus 'na iobairt deadhbholaidh do Dhia.

3 Ach na biodh strìopachas, agus gach uile neo-ghloine, no sannt, uir-eas as air an ainmeachadh 'nar measg, mar is cubhaidh do naomhaibh.

4 No draosdachd<sup>l</sup>, no còmhradh amaideach, no bao-shùgradh, nìthe nach 'eil iomchuidh : ach gu ma fearr leibh breith-buidheachais.

5 Oir a ta fios agaibh air so, nach 'eil aig fear-strìopachais air bith, no aig neach neo-ghlan, no aig duine sanntach, (a tha 'na fhear-ìodhol-aor-

<sup>c</sup> annsan. <sup>f</sup> mhacrus. <sup>g</sup> Ma chuala. <sup>h</sup> àrd ghlaodhaich. <sup>i</sup> anacainnt.

<sup>l</sup> graosdachd, cainnt shalach.

aidh) oighreachd ann an rioghachd Chrìosd agus Dhé.

6 Na mealladh neach air bith sibh le briathraibh dìomhain : oir air son nan nithe sin tha fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-easumhlachd.

7 Na bithibhse uime sin 'nar luchd-comhpairt riu.

8 Oir bha sibh uair-eigin 'nar dorchadas, ach a nis tha sibh 'nar solus san Tighearn : gluaisibh mar chloinn an t-soluis,

9 (Oir a ta toradh an Spioraid<sup>m</sup> anns an uile mhaithreas, agus ionracas, agus fhìrinn.)

10 A' dearbhadh cìod an ni a tha taitneach do'n Tighearn.

11 Agus na biodh comh-chomunn agaibh ri oibribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr leibh an cronachadh.

12 Oir is gràineil eadhon r'an inns-eadh na nithe a ta air an deanamh leo os ìosal.

13 Ach a ta na h-uile nithe a tha air an cronachadh, air an deanamh follaiseach leis an t-solus : oir gach uile ni a ni soilleir, is solus e.

14 Uime sin a deir e, Mosgail, thusa a tha d' chodal, agus éirich o na marbhaibh, agus bheir Crìosd solus duit.

15 Feuchaibh uime sin gu'n gluais sibh gu faicilleach, cha'n ann mar amadain, ach mar dhaoine glìce,

16 Ag ath-cheannach<sup>n</sup> na h-aim-sire, do bhrìgh gu bheil na làithean olc.

17 Air an aobhar sin na bithibhse neo-ghlic, ach a' tuigsinn cìod i toil an Tighearna.

18 Agus na bithibh air mhisg le fìon, anns am bheil anabarr ; ach bithibh air bhrìgh lònadh do'n Spiorad :

19 A' labhairt ribh féin<sup>o</sup> ann an salmaibh, ann an laoidhibh, agus ann an dànaibh spioradail, a' seinn agus a' deanamh ciuil 'nar cridhe do'n Tighearn.

20 A' toirt buidheachais a ghnàth air son nan uile nithe do Dhia eadhon an t-Athair, ann an ainm ar Tighearna Iosa Crìosd ;

21 Air dhuibh bhi ùmhal d'a chéile ann an eagal Dé.

22 A mhnà, bithibh ùmhal d'ar fearaibh féin, mar do'n Tighearn.

23 Oir is e am fear ceann na mnà, eadhon mar is e Crìosd ceann na h-eaglais : agus is esan Slànuighear a' chuirp.

24 Uime sin mar a ta'n eaglais ùmhal do Chrìosd, mar sin biodh na mnà d'am fearaibh féin mar an ceudna anns gach nì :

25 Fheara, gràdhaichibh bhrìgh mhnà féin, eadhon mar a ghràdhaich Crìosd an eaglais, agus a thug se e féin air a son ;

26 Chum gu naomhaicheadh, agus gu'n glanadh e i le ionnlad an uisge trìd an fhocail,

27 Chum gu'n cuireadh e 'na làthair féin i 'na h-eaglais ghlòrmhoir, gun smal, gun phreasadh<sup>p</sup>, no ni air bith d'an leithidibh sin ; ach chum gu'm biodh i naomha, agus neo-lochdach<sup>r</sup>.

28 Is ambluidh sin is còir do na fearaibh am mnà féin a ghràdhachadh, mar an cuirp féin : an ti a ghràdhaicheas a bhean, tha e 'ga ghràdhachadh féin.

29 Oir cha d'thug duine air bith riamh fuath d'a fheòil féin ; ach al-trumaidh agus eiridnidh<sup>s</sup> e i, eadhon mar a ta an Tighearn a' deanamh do'n eaglais :

30 Oir is buill sinn d'a chorp, d'a fheòil, agus d'a chnàmhaibhsan.

31 Air an aobhar so fàgaidh duine athair agus a mhàthair, agus dlùth-leanaidh e r'a mhnaoi, agus bithidh an dithis 'nan aon fheòil.

32 Is dìomhaireachd mhòr so : ach labhram mu Chrìosd agus an eaglais.

33 Gidheadh, thugadh gach aon agaibhse fa leth gràdh d'a mhnaoi amhuil mar dha féin ; agus feuchadh a' bhean gu'n d'thoir i urram d'a fear.

## C A I B. VI.

1 Dleasdanas cloinne d'am pàrant-  
taibh, 5 sheirbhiseach d'am maigh-  
stiribh. 10 Is cogadh ar beatha,  
12 cha'n ann a mhaoin an aghaidh  
fola agus fèdla, ach mar an ceudna

<sup>m</sup> an t-soluis. <sup>n</sup> a' fuasgladh. <sup>o</sup> 'nar measg féin, r'a chéile,  
<sup>p</sup> chasadh. <sup>r</sup> gun ghò. <sup>s</sup> giullaichdidh.



an aghaidh naimeide spioradail. 13 *Airm a' chrìosdaidh, 18 agus cionnus is còir an gnàthachadh.* 21 *Tha Tichicus air a mholadh.*

**A** CHLANN, bithibh ùmhail d'ar pàrantaibh féin san Tighearn: oir a ta so ceart.

2 Thoir onoir<sup>t</sup> do t' athair agus do d' mhàthair, (is i so a' cheud àithne le gealladh.)

3 Chum gu'n éirich gu maith dhuit, agus gu'm bi thu fad-shaoghalach air an talamh.

4 Agus aithriche, na brosnachibh bhur clann chum feirge: ach tog-aibh<sup>u</sup> iad ann an oilean agus ann an teagasg an Tighearna.

5 A sheirbhiseacha, bithibh ùmhail d'ar maighstiribh a réir na feòla, le h-eagal<sup>a</sup> agus crith, ann an tréibh-dhìreas bhur cridhe, mar do Chrìosd:

6 Cha'n ann le sùil-sheirbhis, mar dhroing a nì toil dhaoine, ach mar sheirbhiseach Chrìosd, a' deanamh toil Dé o'n chridhe;

7 Le deadh thoil a' deanamh seirbhis, mar do'n Tighearn, agus cha'n ann do dhaoineibh:

8 Air dhuibh fios a bhi agaibh, ge b'e maith air bith a nì aon neach, gu'm faigh e an nì so féin o'n Tighearn, ma's saor no daor e.

9 Agus a mhaighstirean, dean-aibhse na nithe ceudna dhoibhsan, a' leigeadh dhibh bagairdh: air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil bhur maighstir féin air nèamh mar an ceudna, agus nach 'eil gnùis-bhreth maille ris.

10 Fa dheoidh, mò bhràithre, bithibh làidir san Tighearn, agus ann an neart a chumhachdsan.

11 Cuiribh umaibh uil' armachd Dhé, chum's gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh cuilbheirtean an diabhoil.

12 Oir cha 'n'eil sinn a' gleachdadh a mhàin ri fuil agus feòil, ach ri uachdaranachdaibh, ri cumhachdaibh, ri riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so, ri aingidheachd spioradail<sup>b</sup> ann an ionadaibh àrda<sup>c</sup>.

15 Uime sin glacaibh d'ar n-ionnsuidh uile armachd Dhé, chum's

gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh a' bhuairidh san droch là, agus air dhuibh na h-uile nithe a dheanamh, chum seasamh.

14 Seasaidh uime sin, air bhi d'ar leasraidh air an crìoslachadh le fìrinn, agus uchd-éididh na fireantachd<sup>e</sup> umaibh;

15 Agus ulluchadh soisgeil na sìth mar bhrògan agaibh air bhur cosaibh;

16 Thar gach uile nì, a' glacadh chugaibh sgéith a' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighde<sup>f</sup> teinteach an droch Spioraid a mhùchadh.

17 Agus glacaibh clogaid na slàinte, agus claidheamh an Spioraid, nì a's e briathar Dhé:

18 A' deanamh ùrnuigh a ghnàth leis gach uile ghnè ùrnuigh agus asluchaidh san Spiorad, agus a' deanamh faire chum an nì so féin maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidheadh air son nan naomh uile;

19 Agus air mò shonsa, chum gu tiubhrar dhomh comas labhairt, le fòsgladh mò bheoil ann an dànachd, chum gu foillsich mi rùn-dìomhair an t-soisgeil.

20 Air son am bheil mi a'm theachdaire ann an geimhlibh: chum gu labhair mi gu dana uime, mar is còir dhomh labhairt.

21 Ach a chum gu'm bi fhios agaibhse mar an ceudna air na nithibh a bhuineas domhsa, agus ciod a tha mi a' deanamh, foillsichidh Tichicus, bràthair gràdhach agus ministeir fìrinneach san Tighearn, na h-uile nithe dhuibh.

22 Neach a chuir mi d'ar n-ionnsuidh air son an aobhair so féin, chum gu'm biodh fios nan nithe a bhuineas duinne agaibh, agus gu'n d'thugadh e comh-fhurtachd d'ar cridhe.

23 Sìth gu robh do na bràithribh, agus gràdh maille ri creidimh o Dhia an t-Athair, agus an Tighearn Iosa Chrìosd.

24 Gu robh gràs maille rìusan uile a ta gràdhachadh ar Tighearna Iosa Chrìosd ann an tréibh-dhìreas. Amen.

<sup>t</sup> urram. <sup>u</sup> altrumaibh. <sup>a</sup> faitcheas. <sup>b</sup> droch spioradaibh.

<sup>c</sup> nèamhaidh. <sup>d</sup> crìosrachadh. <sup>e</sup> an ionracais. <sup>f</sup> gathan.

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAM PHILIPIANACH.

### C A I B. I.

6 *Tha e cur an céill a bhuidheachais do Dhia, agus a ghràidh dhoibhsan, air son toraidh an creidimh, agus an comhpairt 'na fhulangas, 9 a' deanamh ùrnuigh a ghnàth ri Dia gu'm fàsadh iad ann an gràs: 12 Tha e nochdadh na tairbhe a fhuair creidimh Chrìosd o fhulangas-san anns an Ròimh, 21 agus co toil-each 's a ta e air Crìosd a ghlòrachadh, le a bheatha no le bhàs: &c.*

**P**OL agus Timoteus seirbhisich Iosa Crìosd, chum nan naomh uile ann an Iosa Crìosd, a tha ann am Philipi, maille ris na h-easbuigibh<sup>g</sup> agus na deaconaibh<sup>h</sup>:

2 Gràs duibh agus sìothchaint o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Crìosd.

3 Tha mi toirt buidheachais do m' Dhia gach uair a chuimhnicheas mi oirbh,

4 (A ghnàth ann am uile ùrnuighibh air bhur sonsa uile, le gairdeachas a'deanamh guidheadh,)

5 Air son bhur comh-roinn do'n t-soisgeul, o'n cheud là gus a nis;

6 Air dhomh bhi dearbhta as an nì so féin, eadhon an ti a thòisich deadh obair annaibh, gu'n coimhlion e i gu là Iosa Crìosd:

7 Eadhon mar is còir dhomh so a smuainteachadh umaibh uile, do bhrìgh gu bheil sibh agam ann mo chridhe, agus gu bheil sibh uile 'nar luchd comh-roinn do m' ghràs-sa, faraon ann mo gheimhlibh, agus ann an seasamh air son agus ann an daingneachadh an t-soisgeil.

8 Oir is e Dia m'fhianuis, cia mòr

mo dhéidh oirbh uile, ann an innibh Iosa Crìosd.

9 Agus ma ta mi a' guidheadh so, gu'm biodh bhur gràdhsa air a mheudachadh nì's mò agus nì's mò ann an eòlas, agus ann an uile thuigse:

10 Chum's gu'n dearbh sibh na nithe a's fearr; chum's gu'm bi sibh tréibhdhireach, agus gun tuisleadh<sup>l</sup> gu là Chrìosd;

11 Air bhur lìonadh le toraibh na fireantachd, a tha trid Iosa Crìosd chum glòire agus cliù Dhè.

12 Ach is àill leam, a bhràithre, fios a bhi agaibh, na nithe a tharladh dhomhsa, gur mò a dh'éirich leo an soisgeul a chur air aghaidh:

13 Ionnas gu bheil mo gheimhleansa ann an Crìosd iomraideach anns an lùchairt uile, agus anns gach àit eile;

14 Agus gu bheil mòran do na bràithribh san Tighearn a' gabhail misnich o m' gheimhlibh, leis an tuilleadh mòr dànachd a' labhairt an fhocail<sup>m</sup> gun eagal.

15 Tha cuid gu dearbh a' searmonachadh Chrìosd tre fharmaid agus stri, agus cuid eile tre dheadh thoil.

16 Tha aon dream a' searmonachadh Chrìosd tre chonspoid, cha'n ann gu tréibhdhireach, a' saoilinn àmhghar a chur ri m' gheimhlibhse:

17 Ach an dream eile o ghràdh, air dhoibh fios a bhi aca gu'n do chuireadh mise gu seasamh air son an t-soisgeil.

18 Ciod ma ta? gidheadh air gach aon chor, co aca is ann an coslas a mhàin, no da rìreadh, a ta Crìosd air a shearmonachadh; agus air a shon

<sup>g</sup> luchd-coimhid. <sup>h</sup> luchd-frithealaidh, foirfeachaibh, i a tha eadar-dhealaichte.  
<sup>l</sup> gun bhi 'nar n-aobhar oilbheim. <sup>m</sup> focail [Dé.]



so tha mise a' deanamh gairdeachais, seadh, agus ni mi gairdeachas.

19 Oir a ta fhios agam gu'n d'thig so chum slàinte<sup>n</sup> dhomhsa tre bhur n-ùrnuighse, agus tre fhrithealadh Spioraid Iosa Crìosd,

20 A réir mo ro-dhùil<sup>o</sup>, agus mo dhòchais, nach cuirear nàire orm ann an ni air bith, ach leis an uile dhànachd labhairt, mar a ghnàth gu'm bi Crìosd a nis mar an ceudna air àrdachadh a'm' chorpsa, ma's ann tre bheatha no tre bhàs.

21 Oir dhomhsa bhi beo is e sin Crìosd, agus bàs fhaghail<sup>p</sup> is buannachd dhomh so.

22 Ach ma's beo dhomh san fheòil, 's e so toradh m'oire: ach cìod d'an deanainn roghuinn, ni'm fios domh.

23 Oir tha mi air mo theannachadh eadar dhà ni, air dhomh bhi togarrach air siubhal, agus bhi maille ri Crìosd; oir is e so a's ro fhèarr:

24 Gidheadh, 's e mi dh'fhantuinn san fheòil, a's feumaille dhuibhse.

25 Agus air dhomh bhi cinnteach d'fheòil so, tha fhios agam gu'm fàirich mi agus gu'n còmhnuich mi maille ribh uile, chum bhur cursa air bhur n-aghaidh, agus chum gairdeachais a' chreidimh<sup>r</sup>:

26 Chum gu'm bi bhur gairdeachas ni's pailte ann an Iosa Crìosd do m' thaobhsa, air son mi bhi a rìs a làthair maille ribh.

27 A mhàin caithibh bhur beatha gu cubhaidh do shoisgeul Chrìosd: chum cò aca a thig mi agus a chi mi sibh, no a bhios mi as làthair, gu'n cluinn mi mu'r timchioll, gu bheil sibh a' seasamh gu daingean ann an aon spiorad, le aon inntinn, a' gleacadh le chéile air son creidimh an t-soisgeil;

28 Gun gheilt<sup>s</sup> ann an ni sam bith oirbh o bhur naimhdbh: ni a ta dhoibhsan 'na chomhara cinnteach air sgrios, ach dhuibhse air slàinte, agus sin o Dhia.

29 Oir thiodhlaiceadh<sup>t</sup> dhuibhse

air son Chrìosd, cha'n e mhàin creidsinn ann, ach mar an ceudna fulang air a shon;

30 Air dhuibh an còmhrag ceudna bhi agaibh a chunnaic sibh annamsa, agus a tha sibh a nis a' cluinntinn a bhi annam.

## C A I B. II.

1 Tha e'gan earalachadh chum aonachd, agus irioslachd inntinn, le eisempleir isleachaidh agus àrdachaidh Chrìosd; 12 chum iad a dhol air an aghaidh gu curamach ann an slighe na slàinte, ionnas gu'm biodh iad 'nan solus do'n t-saoghal aingidh, 16 agus 'nan comhfhurtachd dhasan an abstolsan, neach a ta ullamh eadhon chum bhi air òbradh suas do Dhia. &c.

**U**IME sin ma tha comhfhurtachd air bith ann an Crìosd, ma tha sòlas air bith gràidh, ma tha comh-chomunn air bith an Spioraid, ma tha truas<sup>u</sup> air bith agus tròcaire;

2 Coimhlionaibh mo ghairdeachas, gu'm bi sibh a dh'aon inntinn, a dh'aon ghràdh, a dh'aon toil, a dh'aon bhreithneachadh<sup>a</sup>.

3 Na deanar aon ni tre chonspoid, no tre ghloir dhiomhain, ach ann an irioslachd inntinn measadh gach aon gur fearr neach eile na e féin.

4 Na seallaibh gach aon air na nithibh sin a bhuineas da féin, ach gach aon air na nithibh a bhuineas do dhaoibh eile mar an ceudna.

5 Uime sin biodh an inntinn cheudna annaibhse, a bha ann an Iosa Crìosd:

6 Neach air bhi dha ann an cruth Dhé, nach do mheas e 'na reubainn e féin bhi coimh-ionnan ri Dia:

7 Ach chuir se e féin ann an dìmeas<sup>c</sup>, a' gabhail air féin dreach seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine:

8 Agus air dha bhi air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh'irioslaich se e féin, agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh.

<sup>n</sup> saorsa. <sup>o</sup> m'earbsaidh. <sup>p</sup> fhaotainn. <sup>r</sup> chum cur air aghaidh bhur creidimh agus bhur gairdeachais. <sup>s</sup> uamhas, eagal, ghiorag. <sup>t</sup> thugadh gu saor.  
<sup>u</sup> tionn-chridheachd. <sup>a</sup> toirt aire do'n aon ni, <sup>c</sup> dh'fholamhuich se e féin.

9 Air an aobhar sin dh'àrdaich Dia e gu ro àrd mar an ceudna, agus thug e dha ainm os ceann gach uile ainme:

10 Chum do ainm d' Iosa gu'n lùbadh gach glùn, do *nithibh a ta* air nèamh, agus do *nithibh a ta* air talamh, agus do *nithibh a ta* fo'n talamh;

11 Agus gu'n aidicheadh gach teanga gur e Iosa Crìosd an Tighearn, chum glòire Dhé an Athar.

12 Uime sin, a mhuinntir mo ghràidh, mar a bha sibh ùmhal a ghnàth, ni a mhàin a'm' làthairse, ach a nis ni's ro mhò as mo làthair, làn-oibrichibh bhur slàinte féin le h-eagal agus ball-chrith.

13 Oir is e Dia a dh'oibricheas annaibh, faraon an toil agus an gnìomh e a réir a dheadh-ghean féin.

14 Deanaibh na h-uile nithe gun ghearan f, agus gun deasboireachd:

15 Chum as gu'm bi sibh neo-choireach, agus neo-chronail g, 'nar cloinn do Dhia, neo-lochdach, am meadhon ginealaich fhiar agus chrosda h, measg am bheil sibhse a' dealrachadh mar lòchrain sholuis san t-saoghal:

16 A' cumail a machi focail na beatha; chum gu'n deanamsa uail ann an là Chrìosd, do bhrìgh nach do ruith mi gu dìomhain, agus nach do shaothraich mi gu dìomhain.

17 Seadh agus ma òbrar mi air òbairt agus seirbhis fhollaiseach bhur creidimhse, tha aoibhneas orm, agus deanam gairdeachas maraon ribhse uile.

18 Air an dòigh cheudna biodh aoibhneas oirbhse, agus deanaibh gairdeachas maraon riumsa.

19 Ach a ta dòchas agam anns an Tighearn Iosa, Timoteus a chur gu goirid d'ar n-ionnsuidh, chum as gu'm bi mise mar an ceudna ann an deadh mhisnich, air dhomh fios fhaghaill ciod is cor dhuibhse.

20 Oir cha 'n'eil duine air bith agam coimh-ionunn inntinn ris-san, air am bi cùram nan nithe a bhuineas dhuibhse gu dùrachdach.

21 Oir tha na h-uile ag iarraidh nan nithe a bhuineas doibh féin, cha'n iad na nithe a bhuineas do Iosa Crìosd.

22 Ach is aithne dhuibh a dhearbli-adhsan, mar mhac d'a athair, gu'n d'rinn e seirbhis maille riumsa anns an t-soisgeul.

23 Uime sin tha dùil agam esan a chur d'ar n-ionnsuidh air ball, co luath as a chi mi ciod is cor dhomh féin.

24 Ach tha earbsadh agam anns an Tighearn, gu'n d'thig mi féin d'ar n-ionnsuidh gu h-aithghearr mar an ceudna.

25 Gidheadh mheas mi gu'm b'fheumail Epaphroditus mo bhràthair, agus mo chomh-oibriche, agus mo chomh-shaighdear, ach bhur teachdoirese, agus an ti a fhrithheil dom' uireasbhuidh, a chur d'ar n-ionnsuidh.

26 Oir bha déidh mhòr aige oirbh uile, agus bha e làn tuirse, do bhrìgh gu'n cuala sibhse gu'n robh e tinn.

27 Agus gu deimhin bha e tinn fagus do'n bhàs: gidheadh rinn Dia trècair air; agus cha b'ann airsan a mhàin, ach ormsa mar an ceudna, chum nach biodh doilgheas air muin doilgheis orm.

28 Uime sin bu togarraiche a chuir mi d'ar n-ionnsuidh e, chum air dhuibh fhaicinn a ris, gu'm biodh aoibhneas oirbh, agus gu'm bu lughdaide mo dhoilgheas-sa.

29 Air an aobhar sin gabhaibh ris san Tighearn leis an uile aoibhneas, agus biodh meas mòr agaibh air an leithidibh sin:

30 Do bhrìgh air son oibre Chrìosd gu robh e dlùth do'n bhàs, agus nach robh suim aige d'a bheatha l féin, chum gu'n deanadh e suas uireasbhuidh bhur seirbhis-se do m' thaobhsa.

## C A I B. III.

1 Tha e toirt rabhaidh dhoibh bhi air am faicill o luchd-teagaisg brèige an timchioll-ghearraidh, 4 a' nochdadh gu bheil aige féin tuilleadh aobhair na acasan, earbsadh a

d ann an ainm. e an deanamh. f mhonmhòr. g glan, neo-thruaillidh, h tharsuing. i os àird. l anam.



*fireantachd an lagha; 7 ni gidheadh a ta e meas mar aolach agus chall chum Iosa Criosd agus fhìreantachd san a chosnadh: 12 tha e 'g aitheachadh a neo-fhoirfeachd fèin anns an nì so: &c.*

**O**S bàrr, mo bhràithre; deanaibh gairdeachas san Tighearn. Gu deimhin cha leasg<sup>m</sup> leamsa na nithe ceudna a sgrìobhadh d'ar n-ionnsuidh, ach dhuibhse tha so tèaruinte<sup>n</sup>.

2 Bithibh air bhur faicill o mhadraibh, bithibh air bhur faicill o dhroch luchd-oibre, coimhidibh sibh fèin o'n chomh-ghearradh.

3 Oir is sinne an timchioll-ghearradh, a ta deanamh aoraidh do Dhia san Spiorad; agus a' deanamh gairdeachais ann an Iosa Criosd, agus nach 'eil a' cur muinghin san fheoil:

4 Ge do dh'fheudainnse mar an ceudna muinghin bhi agam san fheoil. Ma shaoileas aon neach eile gu'm feud e muinghin a chur san fheoil, is mò na sin a dh'fheudas mise:

5 Air mo timchioll-ghearradh air an ochdamh là, do chinneach Israeil, do thrèibh Bheniamin, a'm' Eabhruidheach do na h-Eabhruidheachaidh; a réir an lagha, a'm' Phairis-each;

6 A thaobh eud, a' deanamh geur-leanmhuinn air an eaglais; a réir na fireantachd a ta san lagh, neo-choir-each.

7 Ach na nithe a bha 'nam buannachd dhomh, mheas mi iad sin 'nan call air son Chriosd.

8 Seadh gun amharus, agus measam na h-uile nithe 'nan calldach, air son ro-òirdheirceis<sup>o</sup> eòlais Iosa Criosd mo Tighearna; air son an d'fhuiling mi call nan uile nithe, agus measam gur aolach iad chum gur e mo bhuannachd<sup>p</sup> Criosd,

9 Agus gu faighear annsan mi, gun m'fhìreantachd fèin agam, a ta o'n lagh, ach an fhìreantachd sin a ta tre chreidimh Chriosd, an fhìreantachd a ta o Dhia tre chreidimh:

10 Chum eòlas a bhi agam airsan, agus air cumhachd aiseirighsan, agus air comh-chomunn fhulangais, air

bhi dhomh air mo chur ann an coslas crutha r'a bhàs<sup>r</sup>;

11 Dh'fheuchainn am feudainn air aon chor teachd chum na h-aiseirigh o na marbhaibh.

12 Cha'n e gu'n d'ràinig mi cheana, no gu bheil mi cheana foirfe: ach tha mi a' leanmhuinn, dh'fheuchainn am faigh mi greim do'n nì sin fèin air son an do ghabhadh greim dhìom le h-Iosa Criosd.

13 A bhràithre, nì measam gu'n do ghlac mi greim: ach aon ni a dheanam, air dhomh na nithe a ta air mo chùl a dhi-chuimhneachadh, agus bhi 'g am shìneadh fèin chum nan nithe a ta romham,

14 Tha mi a' dian-ruith dh'-ionnsuidh a' chomharaidh, chum duaise<sup>s</sup> àrd ghairme Dhé ann an Iosa Criosd.

15 Uime sin mheud dhinne 's a ta dìongalta, biodh an inntinn so againn: agus ma tha sibh ann an nì sam bith air atharrachadh inntinn, foillsichidh Dia an nì so fèin duibh.

16 Gidheadh, an nì air an d'ràinig sinn a cheana, gluaisemaid a réir aon riaghail, bitheamaid a dh'aon inntinn.

17 A bhràithre, bithibhse le chéile 'nar luchd-leanmhuinn ormsa, agus thugaibh an aire dhoibhsan a tha gluasad air an dòigh sin, mar a ta sinne 'nar eisempleir agaibh.

18 (Oir a ta mòran a' gluasad, mu'n dubhairt mi gu minic ribh, agus mu'm bheil mi nis, eadhon a' gul, ag ràdh ribh, gur naimhdean iad do chrann-ceusaidh Chriosd:

19 D'an deireadh bhi air an sgrìos, d'an dia am brù: agus aig am bheil an glòir 'nan nàire, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh.)

20 Oir a ta ar caitheadh-beathane<sup>t</sup> air nèamh, an t-ionad as am bheil dùil againn fòs ris an t-Slànuighear, an Tighearn Iosa Criosd:

21 A chruth-atharraicheas ar corp diblidh, chum gu'n deanar e comh-chosmhuil r'a chorp glòrmhor fèin, a réir an oibreachaidh leis am bheil e comasach air na h-uile nithe a chur fa cheannsal fèin.

<sup>m</sup> chruaidh, doilich. <sup>n</sup> sàbhailta. <sup>o</sup> ro-phrìseileachd. <sup>p</sup> gu cosnainn.

<sup>r</sup> air mo dheanamh a réir a bhàis. <sup>s</sup> gill. <sup>t</sup> giùlan, conbhlaid.

## C A I B. IV.

1 O chomhairlibh mi naideach, 4  
tha e dol air aghaidh chum earail-  
ean coitchionna, 10 a' nochdadh  
cionnus a rinn e gairdeachas air  
son an tabhartuis dha, agus e 'na  
luidhe am prìosun; 19 agus tha e  
a' crìochnachadh le h-ùrnuigh agus  
beannachdaibh.

UIME sin, mo bhràithre gràdhach  
agus air am bheil mo dhéidh,  
m'aoibhneas agus mo chrùn, seasaibh  
mar so gu daingean san Tighearn, a  
mhuinntir mo ghraidh.

2 Guidheam air Euodias, agus  
guidheam air Sintiche, iad a bhi  
dh'aon inntinn san Tighearn.

3 Agus iarram ortsa mar an  
ceudna, a chompanaich dhèileis, dean  
còmhadh ris na mnàibh sin a rinn  
saothair maille riumsa san t-soisgeul,  
maille ri Clemens, agus a' chuid eile  
do m' chomh-oibrichibh, aig am  
bheil an ainmean ann an leabhar na  
beatha.

4 Deanaibh gairdeachas san Tigh-  
earn a ghnàth: a ris deiream, Dean-  
aibh gairdeachas.

5 Biodh bhur measarrachd<sup>u</sup> foll-  
aiseach do na h-uile dhaoinibh. Tha'n  
Tighearn am fagus.

6 Na biodh ro-chùram ni sam bith  
oirbh: ach san uile ni le h-ùrnuigh  
agus asluchadh maille ri breith-  
buidheachais, biodh bhur n-iarrtuis  
air an deanamh aithnichte do Dhia.

7 Agus coimhididh sith Dhé, a ta  
thar gach uile thuigse, bhur cridhe agus  
bhur n-inntinn ann an Iosa Crìosd.

8 Fa dheoidh, a bhràithre, ge b'e  
nithe ta fìor, ge b'e nithe ta urram-  
ach<sup>a</sup>, ge b'e nithe ta ceart, ge b'e  
nithe ta fìor-ghlan, ge b'e nithe ta  
ion-ghràidh<sup>b</sup>, ge b'e nithe ta ion-  
mholta; ma tha deadh-bheus<sup>c</sup> air  
bith ann, ma tha moladh air bith ann,  
smuainichibh air na nithibh sin.

9 Na nithe sin araon a dh'fhògh-  
luim, agus a ghabh sibh, agus a chual  
agus a chuannaic sibh annamsa, dean-  
aibh: agus bithidh Dia na sìothchaint  
maille ribh.

10 Ach rinn mi gairdeachas gu

mòr san Tighearn, do bhrìgh gu'n  
d'ath-ùraicheadh nis fa dheireadh  
bhur cùram umamsa; ni mar an  
ceudna anns an robh sibh cùramach,  
ach cha robh cothrom agaibh.

11 Ni h-e gu'n labhram a thaobh  
uireasbhuidh: oir dh'fhòghluim mi,  
ge b'e staid am bheil mi, bhi toilichte.

12 Is aithne dhomh bhi ìosal, agus  
is aithne dhomh mar an ceudna pailt-  
eas a mhealtuinn: anns gach àit,  
agus anns na h-uile nithibh theag-  
aisgeadh mi, araon a bhi sàthach agus  
ocrach, araon pailteas a shealbhachadh  
agus uireasbhuidh fhulang.

13 Is urradh mi na h-uile nithe a  
dheanamh tre Chrìosd, a neartaicheas  
mi.

14 Gidheadh, is maith a rinn sibh  
gu'n do chomh-phàirtich sibh ri m'  
thrioblaid.

15 Agus a nis biodh fhios agaibhse,  
a Philipianacha, ann an toiseach an  
t-soisgeul, 'nuair a dh'fhàg mi Ma-  
cedonia, nach do roinn eaglais air  
bith riumsa, thaobh tabhairt agus  
gabhair, ach sibhse a mhàin.

16 Oir eadhon ann an Tesaionica  
chuir sibh aon uair agus a ris a m'  
ionnsuidh leasachadh do m' uireas-  
bhuidh.

17 Ni h-e gu bheil mi ag iarraidh  
tabhartais: ach a ta mi 'g iarraidh  
toraidh a bhios pailte chum bhur  
cunntais-se.

18 Ach a ta mi sealbhachadh nan  
uile nithe, agus tha pailteas agam:  
lìonadh mi, air dhomh na nithe fhaot-  
ainn o Epaphroditus a chuireadh  
uaibhse, àileadh deadh-bholuidh, ìob-  
airt thaitneach, anns am bheil tlachd  
aig Dia.

19 Ach leasaichidh mo Dhia-sa  
bhur n-uireasbhuidh uile, a réir a  
shaibhreis ann an glòir, trìd Iosa  
Crìosd.

20 A nis do Dhia agus ar n-Ath-  
airne gu robh glòir gu saoghal nan  
saoghal. Amen.

21 Cuiribh fàilte air gach uile  
naomh ann an Iosa Crìosd. Tha na  
bràithrean a tha maille rium, a' cur  
fàilte oirbh.

<sup>u</sup> cothrom, ciuineas.

<sup>a</sup> ciatfach.

<sup>b</sup> a ta gràdhach, cairdeil.

<sup>c</sup> subhailc.



22 Tha na naoimh uile a' cur  
fàilte oirbh, gu h-àraid iadsan a tha  
do theaghlach Cheasair.

23 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd  
gu robh maille ribh uile. Amen.

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN COLOSIANACH.

### CAIB. I.

1 An dèigh fàilte chur orra, tha e  
toirt buidheachais do Dhia air son  
an creidimh, 7 a' daingneachadh  
teagaisg Epaphraiss, 9 a' guidh-  
eadh gu'm biodh an gràs air a  
mheudachadh, 14 a' cur an céill  
cò e am fìor Chriosd, 21 a' toirt  
misnich dhoibh gu gabhail ri  
Chriosd; agus a' moladh a mhinist-  
reileachd fèin.

**P**OL abstol Iosa Criosd tre thoil  
Dé, agus Timoteus ar bràthair,

2 Chum nan naomh agus nam  
bràthar dileas ann an Criosd, a tha ann  
an Colose: Gràs gu robh dhuibh,  
agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus  
o'n Tighearn Iosa Criosd.

3 Tha sinn a' toirt buidheachais do  
Dhia, agus Athair ar Tighearna  
Iosa Criosd, a' sìr-dheanamh ùrnuigh  
air bhur sonsa:

4 O chuala sinn iomradh bhur  
creidimh ann an Iosa Criosd, agus  
bhur gràidh do na naomhaibh uile;

5 Air son an dòchais a ta air a  
thasgaidh fa'r comhair air nèamh, air  
an cuala sibh iomradh roimhe ann  
am focal fìrinn an t-soisgeil:

6 A thainig d'ar n-ionnsuidhse,  
mar anns an t-saoghal uile, agus a tha  
tabhairt toraidh uaith, mar a ta e  
deanamh mar an ceudna 'nar measg-  
sadh, o'n là anns an cuala sibh e, agus  
san d'fhuair sibh eòlas air gràs Dhé  
ann am fìrinn.

7 A réir fòs mar a dh'fhòghluim

sibh o Epaphras ar coimh-sheirbhis-  
each gràdhachne, a tha air bhur sonsa  
'na mhinisteir dileas do Chriosd;

8 A chuir an céill dhuinne mar an  
ceudna bhur gràdhsa anns an Spior-  
ad.

9 Air an aobhar so, cha 'n'eil sinne  
mar an ceudna a' sgur, o'n là a chuala  
sinn e, do dheanamh ùrnuigh air bhur  
sonsa, agus a ghuidheadh gu'm biodh  
sibh air bhur lìonadh le eòlas a  
thoile, san uile ghliocas agus thuigse  
spioradail;

10 Chum gu'n gluaiseadh sibh gu  
cubhaidh do'n Tighearn chum gach  
uile thoileachaidh<sup>e</sup>, a' toirt toraidh  
uaibh san uile dheadh obair, agus a'  
fàs ann an eòlas Dé;

11 Air bhur neartachadh leis an  
uile neart a réir a chumhachd  
ghlòrmhoirsan, chum an uile fhoigh-  
idin agus fhad-fhulangais maille ri  
gairdeachas;

12 A' tabhairt buidheachais do'n  
Athair, a rinn sinne iomchuidh chum  
bhi 'nar luchd comh-pairt do oigh-  
reachd nan naomh san t-solus:

13 A shaor sinn o chumhachd an  
dorchadais, agus a dh'atharraich sinn  
chum rioghachd Mic a ghràidhsan:

14 Anns am bheil againn saorsa  
trid fhola-san, eadhon maitheanas  
nam peacadh.

15 Neach a's e ìomhaigh<sup>f</sup> an Dé  
neo-fhaicsinnich, ceudghin a' chruth-  
achaidh uile<sup>g</sup>:

16 Oir is ann leis-san a chruth-

d annaibse. e chum a thoileachadh sna h-uile nithibh. f coslas, riochd.  
g nan uile chreutair.

airtheadh na h-uile nithe a ta air nèamh, agus a ta air talamh, faicsinn-each agus neo-fhaicsinneach, ma's àrd-chathrichean *iad*, no tighearnais, no uachdaranachda, no cumbachda; is ann leis-san agus air a shon a chruthaicheadh na h-uile nithe:

17 Agus tha esan roimh na h-uile nithibh, agus tridsan tha na h-uile nithe a' comh-sheasamh.

18 Agus is e ceann a' chuirp, *eadhon* na h-eaglaise: neach a's e an toiseach, an ceud-ghin o na marbhaibh; chum gu'm biodhaige àrd-cheannas anns na h-uile.

19 Oir b'e deadh thoil an *Athar*, gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan;

20 Agus gu'm biodh na h-uile air an deanamh réidh ris féin tridsan, air dha sìth a dheanamh trid fola a chroinn-cheusaidhsan; tridsan *deiream*, ma's nithe *iad* a ta air talamh, no nithe a ta air nèamh.

21 Agus sibhse a bha uair-eigin 'nar coimheachaibh, agus 'nar naimhdeibh ann *bhur* n-inntinn thaobh dhroch oibre, nis rinn e réidh ris féin

22 Ann an corp fheòla féin tre'n bhàs, chum sibhse a chur naomha, agus neo-lochdach, agus neo-choir-each, 'na làthairsan:

23 Ma dh'fhanas sibh anns a' chreidimh bunaiteach<sup>h</sup> agus daingean, gun bhi air bhur n-atharrachadh o dhòchas an t-soisgeil, a chuala sibh, agus a shearmonaicheadh do gach uile chreutair a ta fuaidh nèamh; air an d'rinneadh mise Pòl a'm' mhinist-eir:

24 Tha mi nis a' deanamh gaird-eachais ann am fhulangasaibh air bhur sonsa, agus a' coimhlionadh mheud 's a ta dhéidh-làimh do àmhgharaibh Chrìosd ann am fheòil, air son a chuirpsan, eadhon na h-eaglaise:

25 D'an d'rinneadh mise a'm' mhinisteir a réir stiubhardachd Dhé, a thugadh dhomh air bhur sonsa, a choimhlionadh focail Dè;

26 *Eadhon* an rùn-dìomhair a bha folaichte o na linnibh, agus o na ginealachaidh a chaidh seachad, ach

a nis a tha air fhoillseachadh d'a naomhaibhsan:

27 D'am bu toil le Dia fhoill-seachadh cìod e saibhreas glòire an rùn-dìomhair so am measg nan Cinn-each; neach a's e Crìosd annaibhse, muinghin na glòire;

28 Neach a ta sinne a' searmon-achadh, a' toirt rabhaidh do gach duine, agus a' tèagasg gach uile dhuine anns an uile ghliocas; chum gu nochd sinn gach uile dhuine 'na làthairsan iomlan ann an Iosa Crìosd:

29 An ni chum a bheileamsa mar an ceudna a' saothreachadh, a' deanamh sbairn a réir oibreachaidhsan, a tha 'g oibreachadh annam gu cumbachdach.

## C A I B. II.

1 *Tha e 'gan earalachadh a bhi bunaiteach ann an Crìosd*. 8 agus a bhi air am faicill o bheul-aithrisibh dìomhain, 18 o aoradh do ainglibh, 20 agus o dheas-ghnàthachaidh an lagha, nithe a chrìochnaicheadh ann an Crìosd.

**O**IR b'aill leam fios a bhi agaibh cìod e meud mo chòmhraig air bhur sonsa, agus air son na droinge a ta ann an Laodicea, agus air son a mbeud nach fhaca m'aghaidh anns an fheòil:

2 Ionnas gu'm faigheadh an cridhe sòlas, air dhoibh bhi air an dlùth-cheangal r'a chéile ann an gràdh, agus chum uile shaibhris an làn-dearbh-bheachd tuigse, chum eòlais rùn-dìomhair Dhé, eadhon an Athar, agus Chrìosd;

3 Anns am bheil uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais folaichte.

4 Agus so deiream, air eagal gu mealladh neach air bith sibh le briathraibh tairngeach!

5 Oir ge do tha mi uaibh san fheòil, gídheadh a ta mi maille ribh san Spìorad, a' deanamh gaird-eachais<sup>m</sup> agus a' faicinn bhur n-ord-uigh, agus seasmhachd<sup>n</sup> bhur creidimh ann an Crìosd.

6 Uime sin mar a ghabh sibh chugaidh an Tighearn Iosa Crìosd, gluaisibh ann:



7 Air dhuibh bhi air bhur freumhachadh agus air bhur togail suas annsan, agus air bhur daingneachadh sa' chreidimh, a rèir mar a theagaisgeadh sibh, a' meudachadh ann le breith-buidheachais.

8 Thugaibh an aire nach dean neach air bith foirneart oirbh<sup>o</sup> trid fheallsanachd<sup>p</sup> agus mealltoireachd dhìomhain, a réir beul-aithris<sup>r</sup> dhaoine, a réir ceud-thoiseacha an t-saoghail, agus cha'n ann a réir Chrìosd :

9 Oir annsan tha uile iomlaine<sup>s</sup> na diadhachd a' gabhail còmhnuidh gu corporra.

10 Agus tha sibhse coimhlianta annsan, neach a's e ceann gach uile uachdranachd agus chumhachd;

11 Anns am bheil sibh mar an ceudna air bhur timchioll-ghearradh leis an timchioll-ghearradh nach d'rinneadh le làmhaidh, ann an cur dhibh cuirp pheacanna na feòla, le timchioll-ghearradh Chrìosd :

12 Air dhuibh bhi adhlaicte maraon ris ann am baisteadh, anns am bheil sibh mar an ceudna air bhur togail suas maraon ris tre chreidimh oibreachaidh Dhè, a thog suas esan o na marbhaibh.

13 Agus sibhse a bha marbh 'nar n-euceartaibh agus ann an neo-thimchioll-ghearradh bhur feòla, bheothaich e maraon ris, a' maitheadh dhuibh nan uile euceart;

14 A' dubhadh a mach làmh-scriobhaidh nan orduighean d'ar taobhne<sup>t</sup>, a bha 'nar n-aghaidh, agus thug e as an t-slighe i, air dha a sparradh ris a chrann-ceusaidhsan:

15 Air dha uachdranachdan agus cumhachdan a chreachadh<sup>u</sup>, rinn e ball-sampuill diubh gu follaiseach, a' deanamh buaidh-chaitheirm os an ceann tre'n chrann ud féin.

16 Uime sin na d'thugadh aon neach breth oirbh air son bìdh, no dìbhe, no thaobh là féille, no gealaich nuaidh, no shàbaide:

17 A ta 'nan sgàile air na nithibh

a ta ri teachd; ach 's le Crìosd an corp.

18 Na mealladh aon neach bhur duais uaibh le irioslachd thoileil<sup>a</sup>, agus aoradh do ainglibh, a' foirneadh a steach gu dàna ehum nan nithe nach fac e, gu dìomhain air a shéideadh suas le inntinn fheòlmhoir féin;

19 Agus gun an ceann a chumail, o'm bheil an corp uile, air dha bhi air a bheathachadh trid altan agus bhannan, agus air a dhilùth-cheangal r'a chèile, a' fàs le fàs Dé.

20 Uime sin ma fhuair sibh bàs maille ri Crìosd o cheud thoiseachaibh an t-saoghail, c'ar son, mar dhaoine a ta beo san t-saoghal, a tha sibh fuidh orduighibh,

21 (Na bean ri, na blais, na laimhsich:

22 Nithe a théid uile a neo-ni le'n gnàthachadh) a réir àitheantan agus teagasga dhaoine?

23 Nithe gun amharus aig am bheil samhladh gliocais ann an aoradh féin-thoile agus irioslachd, agus mìchaomhnadh a' chuirp, nì h-ann an onoir sam bith chum sàsachaidh na feòla<sup>c</sup>.

### C A I B. III.

1 Tha e nochdadh c'ait an còir dhuinn Crìosd iarraidh: 5 Tha e 'g iarraidh orra an anamhianna fèdmhor a chlaoidh, 10 an seann duine chur dhiubh, agus Crìosd a chur umpa; 12 'gan earalachadh chum seirce, irioslachd, agus iomadh dhleasdana is eile.

**U**IME sin ma dh'éirich sibh maille ri Crìosd, iarraidh na nithe a ta shuas, far am bheil Crìosd 'na shuidhe aig deas làimh Dhé.

2 Suidhichibh bhur n-aighe air na nithibh a ta shuas, agus nì h-ann air na nithibh a ta air an talamh.

3 Oir a ta sibh marbh, agus a ta bhur beatha folaichte maille ri Crìosd ann an Dia.

4 Nuair a dh'fhoillsichear Crìosd, neach a's e ar beathane, an sin bithidh

<sup>o</sup> cobhartach dhibh. <sup>p</sup> fhòghlum saoghalta. <sup>r</sup> teagasg dhaoine o làimh gu làimh, seachadais. <sup>s</sup> lànachd. <sup>t</sup> a bha gabhail romhainn. <sup>u</sup> fhaobhachadh, chur as an armaibh. <sup>a</sup> dheònach. <sup>b</sup> 'ga shàthadh fein sna nithibh. <sup>c</sup> ach gun fheum sam bith chum sàsachaidh na feòla.

sibhse mar an ceudna air bhur foill-seachadh maraon ris ann an glòir.

5 Uime sin claidhibh<sup>d</sup> bhur buill a ta air an talamh, strìopachas, neoghloine, fonn-collaidh, anamhianna, agus sannt, ni a's iodhol-aoradh :

6 Nithe air son am bheil fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-easumhlachd.

7 Anns an robh sibhse mar an ceudna a' gluasad uair-eigin<sup>e</sup>, 'nuair a bha sibh a' caitheadh bhur beatha 'nam measg<sup>f</sup>.

8 Ach a nis cuiribhse uaibh na nithe so uile; fearg, corruich, mìorun, toibheum, cainnt shalach as bhur beul.

9 Na deanaibh breug d'a chéile, do bhrìgh gu'n do chuir sibh dhìbh an seann duine maille r'a ghnìomharaibh,

10 Agus gu'n do chuir sibh umaibh an duine nuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an eòlas, a réir ìomhaigh an tì a chruthaich e.

11 Far nach 'eil Greugach no Iudhach, timchioll-ghearradh, no neo-thimchioll-gearradh, duine borb<sup>g</sup>, Scitianach, daor no saor: ach is e Criosd na h-uile, agus anns na h-uile.

12 Uime sin cuiribhse umaibh (mar dhaoine taghta Dhé naomha agus ionmhuinn) innigh<sup>h</sup> thròcaire, caomhalachd, irioslachd-inntinn, mac-antas<sup>i</sup>, fad-fhulangas;

13 A' giùlan le chéile, agus a' maitheadh d'a chéile, ma tha cùis ghearain aig neach an aghaidh neach: mar a thug Criosd maitheanas dhuibhse, mar sin deanaibhse mar an ceudna.

14 Agus thar na nithibh so uile, cuiribh umaibh gràdh<sup>l</sup>, ni a's e coimh-cheangal na foirfeachd.

15 Agus biodh sìth Dhé a' riaghladh ann bhur cridhe, chum am bheil sibh mar an ceudna air bhur gairm ann an aon chorp; agus bithibh taing-eil.

16 Gabhadh focal Chriosd còmh-nuidh annaibh gu saibhir san uile ghliocas; a' teagasg agus a' comhairl-eachadh a chéile le salmaibh, agus laoidhibh, agus dànaibh spioradail, a' deanamh ciuil do'n Tighearn le gràs ann bhur cridhe.

17 Agus gach ni air bith a ni sibh ann am focal no ann an gnìomh, deanaibh iad uile ann an ainm an Tighearna Iosa, a' toirt buidheachais do Dhfa eadhon an t-Athair trìdsan.

18 A mhnàì, bithibh ùmhal d'ar fearaibh féin, mar is cubhaidh, anns an Tighearn.

19 Fheara-pòsda, gràdhaichibh bhur mnàì, agus na bithibh searbh<sup>m</sup> 'nan aghaidh.

20 A chlann, bithibh ùmhal d'ar pàrantaibh anns na h-uile nithibh: oir a ta so taitneach do'n Tighearn.

21 Aithriehe, na broснаichibh bhur clann chum fèirge, air eagal gu'n caill iad am misneach.

22 A sheirbhiseacha, bithibh ùmhal d'ar maighstiribh a réir na feòla, anns na h-uile nithibh; cha'n ann le seirbhis-sùl, mar dhroing a ta toileachadh dhaoine, ach ann an tréibh-dhìreas<sup>n</sup> cridhe, ann an eagal Dé:

23 Agus ge b'e air bith ni a ni sibh, deanaibh o bhur cridhe e, mar do'n Tighearn, agus ni h-ann do dhaoineibh;

24 Air dhuibh fios a bhi agaibh, gu'm faigh sibh o'n Tighearn duais na h-oighreachd: oir is ann do'n Tighearn Criosd a tha sibh a' dean-amb seirbhis.

25 Ach an tì a ni eucoir, gheibh e toillteanas na h-eucorach a rinn e: agus cha 'n'eil leth-bhreth ann.

## C A I B. IV.

1 Tha e cur impidh orra bhi dùrachdach ann an ùrnuigh, 5 gluasad gu glic thaobh na muinntir sin nach 'eil fathast air teachd chum fìor eòlais Chriosd. 10 Tha e cur fàilte orra, agus a' guidheadh gach uile ghnè soirbheis doibh.

A Mhaighstirean, thugaibh d'ar seirbiseachaibh an ni sin a tha ceart agus cothromach, air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil agaibh fèin maighstir mar an ceudna air nèamh.

2 Buanaichibh ann an ùrnuigh, a' deanamh faire innte le breith-buidheachais;

d marbhaibh. <sup>e</sup> roinne. <sup>f</sup> anna. <sup>g</sup> fiadhaich, barbarra. <sup>h</sup> tiom-chrìkhe. <sup>i</sup> ciùineas. <sup>l</sup> seirc, carthannachd. <sup>m</sup> garg. <sup>n</sup> aon fhìllteachd.



3 Ag ùrnuigh mar an ceudna air ar soinne, chum gu fosgladh Dia dhuinn dorus na h-ùr-labhairidh, a labhairt rùin-diomhair Chrìosd, air son am bheil eamsa ann an cuibhreachaibh:

4 Chum gu foillsich mi e, mar is còir dhomh labhairt.

5 Gluaisibh ann an gliocas thaobh na droinge sin a ta 'n leth muigh, ag ath-cheannach<sup>o</sup> na h-aimsire.

6 Biodh bhur còmhraidh a ghnàth ann an gràs<sup>p</sup>, air a dheanamh blasda le salann, chum gu'm bi fhios agaibh cionnus is còir dhuibh gach neach a fhreagairt.

7 Foillsichidh Tìchicus, bràthair gràdhach, agus ministear dìleas, agus coimh-sheirbhiseach san Tighearn, gach ni dhuibh a'm' thùinchiollsa:

8 A chuir mi d'ar n-ionnsuidh chum na crìche so féin, gu'm biodh fios bhur staide-se aige, agus gu'n d'thugadh e comhfhurtachd d'ar cridhibh.

9 Maille ri Onesimus bràthair dìleas agus gràdhach, a tha dhibh<sup>r</sup> féin. Ni iad aithnichte dhuibh na h-uile nithe a tha an so.

10 Tha Aristarchus mo choinh-phriosunach a' cur fàilte oirbh, agus Marcus mac peathar do Bharnabas, (mu'n d'fhuair sibh àitheanta; ma thig e d'ar n-ionnsuidh, gabhaibh ris<sup>)</sup>

11 Agus Iosa, d'an goirear Iust-

us, muinntir a tha do'n timchioll-ghearradh. 'S iad sin a mhàin mo chomh-oibrichean chum rioghachd Dhé, a bha 'nan comh-fhurtachd dhomh.

12 Tha Epaphras, a tha dhibh féin, seirbhiseach Chrìosd, a' cur fàilte oirbh, a ghnàth a' deanamh sbàirn dhùrachdaich air bhur son ann an ùrnuighibh, chum gu seas sibh foirfe, agus coimhlionta ann an uile thoil Dhé.

13 Oir tha mi deanamh fianuis dha, gu bheil aige mòr theas-ghràdh dhuibhse, agus dhoibhsan a tha ann an Laodicea, agus do'n mhuinntir a tha ann an Hierapolis.

14 Tha Lucas an léigh gràdhach, agus Demas a' cur fàilte oirbh.

15 Cuiribh fàilte air na bràithribh a tha ann an Laodicea, agus air Nymphas, agus air an eaglais a tha 'na thigh.

16 Agus an nair a leughar an litir so 'nar measgsa, thugaibh fainear gu'n leughar i ann an eaglais nan Laodiceanach mar an ceudna; agus gu'n leugh sibhse cuideachd an litir o Laodicea.

17 Agus abraibh ri Archipus, Thoir an aire do'n mhinistireileachd a fhuair thu san Tighearn, gu'n coimhlion thu i.

18 Fàilte uamsa Pòl le m' làimh féin. Cuimhnichibh mo chuibhreachia. Gràs gu robh maille ribh. Amen.

## CEUD LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN TESALONIANACH.

### C A I B. I.

2 Tha Pòl a' toirt fios do na Tesaloniaich co chuimhneachail agus a bha e orra anns gach àm, ann am breith-buidheachais agus ùrnuigh air an son; 5 agus mar an ceudna co dhearbhta 's a bha e do fhirinn, agus do thréibhdhireas an creidimh, agus an impochaidh ri Dia.

**P**OL, agus Silvanus, agus Timoteus chum eaglais nan Tesalonianach, a tha ann an Dia an t-Athair, agus anns an Tighearn Iosa Crìosd: gràs duibh, agus sìth o Dhia an t-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Crìosd.

2 Tha sinn a' toirt buidheachais do Dhia a ghnàth air bhur sonsa uile, a

toirt iomraidh oirbh ann ar n-ùr-  
nuighibhne,

3 A' cuimhneachadh gun sgar  
obair bhuir creidimh, agus saothair  
bhuir gràidh, agus foighidin bhuir  
dòchais 'nar Tighearn Iosa Crìosd,  
am fianuis Dé, agus ar n-Atharne :

4 Air dhuinn fios a bhi againn, a  
bhràithre gràdhaichte le Dia, air  
bhuir taghadhsa<sup>s</sup>.

5 Oir cha d'thainig ar soisgeulne  
d'ar n-ionnsuidhse ann am focal a  
mhàin, ach mar an ceudna ann an  
cumhachd, agus anns an Spiorad  
naomh, agus ann am mòr lan dearbh-  
achd ; mar is aithne dhuibh ciod a'  
ghnè dhaoine bha annainn 'nar measg  
air bhuir sonsa.

6 Agus rinneadh sibh 'nar luchd-  
leanmhuinn oirnne, agus air an Tighearn,  
'nuair a ghabh sibh ris an fhoc-  
al ann am mòr àmhghar, le h-aoibh-  
neas an Spioraid naomh :

7 Ionnas gu robh sibh 'nar n-eis-  
empleiribh<sup>t</sup> dhoibhsan uile a tha  
creidsinn an am Macedonia agus ann  
an Achaia.

8 Oir uairbhe chaidh fuaim focail  
an Tighearna mach, cha'n ann a  
mhàin ann am Macedonia agus ann  
an Achaia, ach mar an ceudna anns  
gach àit tha bhuir creidimh ann an  
Dia air a sgaoileadh a mach, ionnas  
nach 'eil feum air sinne a labhairt ni  
air bith.

9 Oir a ta iad féin a' foillseachadh  
mu'r timchiollne, ciod a' ghnè dol a  
steach a bha againn d'ar n-ionns-  
uidhse, agus cionnus a phill sibh chum  
Dhé o ìodholaibh, a dheanamh seirbh-  
is do'n Dia bheo agus fhìor,

10 Agus gu feitheamh r'a Mhac o  
nèamh, a thog e suas o na marbhaibh,  
eadhon Iosa a shaor<sup>u</sup> sinne o'n fheirg  
a ta ri teachd.

## C A I B. II.

1 Tha e cur an céill cionnus a chaidh  
an soisgeul a shearmonachadh do na  
Tesalonianachaibh, agus ciod an  
dòigh air an do gheibh iad ris. 18  
Tha reuson air a thabhairt c'ar son

a bha Pòl co fhada uatha, agus mar  
an ceudna c'ar son a ta nìs a thog-  
radh co mòr r'am faicinn.

OIR is aithne dhuibh féin, a  
bhràithre, ar dolne a steach d'ar  
n-ionnsuidh, nach robh e ann an  
diomhanas.

2 Ach fòs air dhuinn fulang  
roimhe, agus an déigh ar maslach-  
aidh ann am Philipi, mar is aithne  
dhuibh, bha dànachd againn ann ar  
Dia-ne soisgeul Dé a labhairt ribhse  
maille ri gleachda mòr.

3 Oir cha robh ar n-earailne o  
mhealltoireachd, no o neo-ghloine, no  
ann an ceilg :

4 Ach mar a mheasadh sinne le  
Dia mar dhroing a b'iomchuidh an  
soisgeul earbsadh ruinn, is anhuil sin  
a labhramaid, ni h-ann mar dhroing  
a tha toileachadh dhaoine, ach Dhé, a  
tha dearbhadh ar cridheacha.

5 Oir cha do ghnàthaich sinn uair  
air bith briathra mìodalach, mar is  
aithne dhuibh, no leithsgeul saintt ;  
's e Dia ar fianuis.

6 Nì mò dh'iarr sinn urram<sup>a</sup> o  
dhaoinibh, no uairbhe, no o dhaoin-  
ibh eile, ge d'fheudamaid ar trom a  
leagadh oirbhse, mar abstola Chrìosd.

7 Ach bha sinn caomh 'nar measg-  
sa, amhuil a dh'altrum<sup>b</sup> banaltrum  
a clann féin :

8 Mar sin, air bhi dhuinne ro  
dhéidheil oirbhse<sup>c</sup>, bu toileach leinn  
cha'n e mhàin soisgeul Dhé a phàirt-  
eachadh<sup>d</sup> ribh, ach mar an ceudna ar  
n-anama féin, do bhrìgh gu robh sibh  
ro ionmhuinn leinn.

9 Oir is cuimhne leibh, a bhràith-  
re, ar saothair agus ar sgìos-ne : oir  
air dhuinn bli ri h-obair a dh'oidhch<sup>e</sup>  
agus a là, chum nach cuireamaid  
trom air neach sam bith agaibh, shear-  
monaich sinn duibh soisgeul Dé.

10 Is fianuisean sibhse, agus Dia,  
cia naomha, agus cia cothromach<sup>e</sup>,  
agus neo-lochdach a ghiùlain sinne  
sinn féin 'nar measgsa a ta creid-  
sinn :

11 Mar is aithne dhuibh, cionnus  
a dh'earaillich sinn, agus a thug sinn

<sup>s</sup> air bhuir taghadhsa le Dia. <sup>t</sup> samhachasaidh. <sup>u</sup> a shaoras. <sup>a</sup> glòir.

<sup>b</sup> dh'eiridneas. <sup>c</sup> ro dheothasach umairbhe. <sup>d</sup> a chomh-roinn.

<sup>e</sup> h-ionraic.



comhfhurtachd, agus a chuir sinn impidh air gach aon agaibh fa leth (mar a ni Athair d'a chloinn.)

12 Gu'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh do Dhia, a ghairm sibh chum a rioghachd agus a ghloire fèin.

13 Uime sin a ta sinne mar an ceudna a' toirt buidheachais do Dhia gun sgur, do bhrìgh 'nuair a ghabh sibh ri focal Dé a chuala sibh uainne, gu'n do ghabh sibh ris cha'n ann mar fhocal dhaoine, ach (mar is e gu fìrinneach) focal Dé, a tha 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annaibhse a ta creidsinn.

14 Oir rinneadh sibhse, a bhràithre, 'nar luchd-leanmhuinn air eaglaisibh Dhé ann an Iudea, a tha ann Iosa Crìosd: oir dh'fhuiling sibhse na nithe ceudna o bhur luchd-dùthcha fèin, mar a dh'fhuiling iadsan o na Iudhachaibh:

15 A chuir araon an Tighearn Iosa, agus am fàidhean fèin gu bàs, agus a rinn geur-leanmhuinn oirne; agus nach 'eil a' toileachadh Dhé, agus a tha'n aghaidh nan uile dhaoine:

16 A tha bacadh dhinne labhairt ris na Cinneachaibh, chum gu'm biodh iad air an slànuchadh, chum sìr-lìonaidh suas am peacaidh: oir thainig an fhearg orra fa dheireadh f.

17 Ach air dhuinne, a bhràithre, bhì air ar dealachadh uaibhse rè tam-uill blìg, am pearsa ach cha'n ann an crìdhe, is ro mhòid a rinn sinn dìchioll air bhur n-aghaidh fhaicinn le mòr thogradh.

18 Uime sin bu mhiann leinn teachd d'ar n-ionnsuidh, (eadhon leamsa Pòl) uair no dhà: ach bhac Satan sinn.

19 Oir cìod e ar dòchasne, no ar n-aoibhneas, no ar crùn-uaille? nach sibhse fèin e am fianuis ar Tighearna Iosa Crìosd aig a theachd?

20 Oir is sibhse ar glòirne agus ar n-aoibhneas.

### C A I B. III.

1 Tha Pòl a' dearbhadh a mhòr ghràidh do na Tesalonianaich, le

Timoteus a chuir d'an ionnsuidh chum an neartachadh agus comhfhurtachd a thoirt doibh, agus le a ghairdeachas 'nan deadh ghiùlam, 18 agus le ùrnuigh a dheanamh air an son, agus le a mhòr thògradh air teachd gu tèaruinte d'an ionnsuidh.

A IR an aobhar sin an uair nach b'urradh sinn cumail oirnn fèin ni b'fhaide, bu taitneach leinn bhì air ar fàgail 'nar n-aonar am baile na h-Aithne:

2 Agus chuir sinn Timoteus ar bràthair agus ministear Dhé agus ar comb-oibriche ann an soisgeul Chrìosd, chum sibhse a dhaingneachadh, agus comhfhurtachd a thoirt duibh mu thimchioll bhur creidimh;

3 Chum nach gluaisteadh e neach air bith agaibh leis na trioblaidibh so; oir a ta fhios agaibh fèin gu'n d'ord-uicheadh sinn chuige so.

4 Oir gu deimhin an uair a bha sinn maille ribh, dh'innis sinn duibh roimh-làimh, gu robh sinn gu àmhgharh fhulang; eadhon mar a thach-air, agus is aithne dhuibh.

5 Air an aobhar so, 'nuair nach robh mise comasach air cumail orm fèin ni b'fhaide, chuir mi a dh'fhaighail fios mu'r creidimh, an t-cagal air chor sam bith gu'n do bhuair am buaireadair sibh, agus gu'm biodh ar saothairne dìomhain.

6 Ach a nis an uair a thainig Timoteus uaibhse d'ar n-ionnsuidhne, agus a thug e deadh sgeul duinn mu'r creidimh agus bhur gràdh, agus gu bheil cuimhne mhaith agaibh oirne a ghnàth, a' miannachadh gu mòr sinne fhaicinn, amhuil a ta sinne mar an ceudna sibhse fhaicinn.

7 Uime so, a bhràithre, fhuair sinne comhfhurtachd d'ar taobh ann ar n-uile àmhghar agus theinn tre bhur creidimhse:

8 Oir a ta sinne beo a nis, ma sheasas sibhse gu bunaiteach san Tighearn.

9 Oir cìod am buidheachas a dh'fheudas sinn locadh do Dhia os bhur lethse, air son an aoibhneas sin

uile leis am bheil sinn ri gairdeachas d'ar taobh am fianuis ar Dé-ne,

10 A dh'oidhche agus a là a' guidheadh gu ro dhùrachdach gu faiceamaid bhur n-aghaidhse, agus gu leasaicheamaid uireasbhuidh bhur creidimh?

11 A nis gu deanadh Dia féin eadhon ar n-Athair, agus ar Tighearn Iosa Criosd ar slighene a threòrachadh d'ar n-ionnsuidhse.

12 Agus gu d'thugadh an Tighearn oirbh fàs agus bhi ro phailt ann an gràdh d'a chéile, agus do na h-uile dhaoineibh, mar a ta sinne dhuibhse:

13 Chum gu daingnich e bhur cridheacha neo-choireach ann an naomhachd am fianuis Dé eadhon ar n-Atharne, aig teachd ar Tighearna Iosa Criosd maille r'a naomhaibh i uile.

#### C A I B. IV.

1 *Tha e cur impidh orra dol air an aghaidh anns gach uile ghnè dhiadhachd, 6 am beatha a chaitheadh gu naomha agus gu cothromach, 9 a chéile a ghràdhachadh, 11 agus an gnothuichean féin a leantuinne gu sàmhach; &c.*

**O**S bàrr ma ta, a bhràithre, cuir-eamaid a dh'impidh agus a dh'athchuinge oirbh tre'n Tighearn Iosa, mar a fhuair sibh uainne cionnus is còir dhuibh imeachd, agus Dia a thoileachadh, gu meudaicheadh sibh mar sin ni's mò agus ni's mò.

2 Oir a ta fhios agaibh ciod iad na h-àitheantan a thug sinne dhuibh tre'n Tighearn Iosa.

3 Oir is i so toil Dhé, eadhon bhur naomhachadhsa, sibh a sheachnadh striopachais:

4 Gu'm b'aithne do gach aon agaibh a shoitheadh féin a shealbhachadh ann an naomhachd, agus ann an onoir;

5 Cha'n ann ann am fonn anamhiannach, mar a ni na Cinnich aig nach 'eil eòlas air Dia:

6 Gun neach air bith a dheanamh eucoir no mealltaireachd sa' chùis air a bhràthair; do bhrìgh gur e'n Tighearn a ni dìoghaltas air an uile leithidibh sin, a réir mar a dh'innis

sinne mar an ceudna duibh roimhe agus a rinn sinn fianuis.

7 Oir cha do ghairm Dia sinne gu neo-ghloine, ach gu naomhachd.

8 Uime sin an neach a ni tàir, cha'n ann air duine tha e deanamh tàir, ach air Dia, a thug dhuinne a Spiorad naomha féin.

9 Ach a thaobh gràidh bràthaireil, cha'n 'eil feum agaibh mise a scrìobhadh d'ar n-ionnsuidh: oir a ta sibh féin air bhur teagasg o Dhia gràdh a thoirt d'a chéile.

10 Agus gu deimhin tha sibh a' deanamh so thaobh nam bràthar uile, a tha ann am Macedonia gu h-iomlan: ach guidheamaid oirbh, a bhràithre, sibh a mheudachadh ni's mò agus ni's mò;

11 Agus gu'n dean sibh bhur dìchioll a bhi ciuin, agus bhur gnothuiche féin a dheanamh, agus saothreachadh le'r làmhaidh féin, (amhuil a dh'àithn sinne dhuibh.)

12 Chum gu'n gluais sibh gu cubhaidh thaobh na muinntir sin a ta'n leth muigh, agus nach bi uireasbhuidh ni sam bith oirbh;

13 Ach cha b'àill leam, a bhràithre, sibh a bhi aineolach thaobh na muinntir sin a tha 'nan codal, chum nach dean sibh bròn, eadhon mar dhaoine eile aig nach 'eil dòchas.

14 Oir ma chreideas sinn gu'n d'fhuair Iosa bàs, agus gu'n d'éirich e ris, amhuil sin mar an ceudna an droing a choidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris.

15 Oir so a deireamaid ribh ann am focal an Tighearna, nach bi againne a tha beo agus a dh'fhàgar gu teachd an Tighearna, toiseach orrasan a tha 'nan codal.

16 Oir thig an Tighearn féin a nuas o nèamh le àrd-iolaich<sup>1</sup>, le guth an àrd-aingeil, agus le trompaid Dhé: agus éiridh na mairbh ann an Criosd air tùs:

17 An déigh sin sinne a bhios beo agus a dh'fhàgar, togar suas sinn maille rusan anns na neulaibh, an còdhail an Tighearna san athar: agus mar sin bithidh sinn gu sìorruidh maille ris an Tighearn.



18 Uime sin thugaibh comhfhurtachd d'a chéile leis na briathraibh so.

## C A I B. V.

1 *Tha e dol air aghaidh ann an labhairt mu theachd Chrìosd gu breitheanas, 16 a' toirt iomadh comhairle, 23 agus a' comh-dhùnadh na litreach.*

**A** CH mu thimchioll nan aimsir agus nan àm cha 'n'èil feum agaibhse, a bhràithre, mise a sgrìobhadh d'ar n-ionnsuidh.

2 Oir a ta sàr fhios agaibh féin gu'n d'thig là an Tighearna mar ghaduiche san oidhche.

3 Oir an uair a deir iad, Sìoth-chaint agus tèaruinteachd, an sin thig sgrios obann orra, mar shaothair air mnaoi thorraich; agus cha d'théid iad as.

4 Ach cha 'n'èil sibhse, a bhràithre, san dorchadas, ionnas gu'm beireadh an là sin oirbh mar ghaduiche.

5 Is sibhse uile clann an t-soluis, agus clann an là: cha'n ann do'n oidhche, no do'n dorchadas sinn.

6 Uime sin na coidleamaid mar dhaoine eile; ach deanamaid faire agus bitheamaid stuama<sup>m</sup>.

7 Oir an dream a choidleas, is anns an oidhche choidleas iad: agus an dream a tha air mhìsg, is anns an oidhche tha iad air mhìsg.

8 Ach bitheamaidne a tha do'n là stuama, a' cur oirnn uchd-éididh a' chreidimh agus a' ghràidh, agus mar chlogoide, dòchas<sup>n</sup> na slàinte.

9 Oir cha d'orduich<sup>o</sup> Dia sinn chum feirge; ach chum slàinte fhaotainn trìd ar Tighearna Iosa Crìosd,

10 A fhuair bàs air ar son, chum co aca is codal no faireach dhuinn, gu'm bitheamaid beo maraon ris.

11 Uime sin thugaibh comhfhurtachd d'a chéile, agus togaibh suas gach aon a chéile, eadhon mar a ta sibh a' deanamh.

12 Agus guidheamaid oirbh, a bhràithre, aithne bhi agaibh air an

dream a tha saothreachadh 'nar measg, agus a tha os bhur ceann san Tighearna, agus a tha 'gar comhairleachadh;

13 Agus meas mòr a bhi agaibh dhiubh ann an gràdh air son an oibre. Bithibh sìothchail 'nar measg féin.

14 A nis guidheamaid oirbh, a bhràithre, thugaibh rabhadh dhoibhsan a tha mi-riaghailteach, thugaibh comhfhurtachd dhoibhsan a tha lag-chridheach, cumaibh suas iadsan a ta annhunn<sup>p</sup>, bithibh foighidneach a thaobh nan uile uile dhaoine.

15 Feuchaibh nach ioc neach olc air son uile do dhuine sam bith: ach leanaibhs' a ghnàth an ni a ta maith, araon d'ar taobh féin, agus a thaobh nan uile dhaoine.

16 Deanaibh gairdeachas a ghnàth.

17 Deanaibh ùrnuigh gun sgur.

18 Anns gach uile ni thugaibh buidheachas; oir is i so toil Dé ann an Iosa Crìosd d'ar taobh.

19 Na mùchaibh<sup>r</sup> an Spiorad.

20 Na deanaibh tàir air fàidhead-aireachd.

21 Dearbhaibh na h-uile nithe: cumaibh gu daingean an ni sin a ta maith.

22 Seachnaibh gach uile choslas uile.

23 Agus gu deanadh Dia na sìoth-chaint féin naomha sibh gu h-iomlan; agus gu dèdnaicheadh Dia gu'm bi bhur n-uile spiorad agus anam agus chorp air an gleidheadh gu neo-choirceach gu teachd ar Tighearna Iosa Crìosd.

24 Is fìrinneach an ti a ta 'gar gairm, neach mar an ceudna a ni e.

25 A bhràithre, deanaibh ùrnuigh air ar soin-ne.

26 Cuiribh fàilte air na bràithribh uile le pòig naomha.

27 Sparram oirbh a h-uchd an Tighearna, gu'n leughar an litir so do na bràithribh naomha uile.

28 Gu robh gràs ar Tighearna Iosa Crìosd maille ribh. Amen.

<sup>m</sup> measarra. <sup>n</sup> earbsa. <sup>p</sup> cha do shonraich. <sup>p</sup> deanaibh cùl-taic dhoibhsan a ta lag. <sup>r</sup> coisgibh.

## DARA LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN TESALONIANACH.

### C A I B. 1.

1 *Tha Pòl a' toirt fios doibh air an deadh bharaill a ta aige mu'n creidimh, an gràdh, agus am foighidín; 5 agus a' gnàthachadh reusona chum còmhfhurtachd a thoirt doibh fa'n geur-leanmhuinn, gu h-àraidh o cheart bhreitheanas Dé.*

**P**OL agus Siluanas, agus Timoteus, chum eaglaise nan Tesalonianach, ann an Dia ar n-Athair, agus anns an Tighearn Iosa Crìosd:

2 Gràs gu robh dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Crìosd.<sup>1</sup>

3 Tha dh'fhiachaidh oirne buidh-eachas a thoirt do Dhia a ghnàth air bhur sonsa, a bhràithre, mar is cubhaidh, do bhrìgh gu bheil bhur creidimh a' fàs gu ro mhòr, agus gu bheil gràdh gach aon agaibh uile a' meudachadh d'a chéile:

4 Ionnas gu bheil sinne féin a' deanamh uaille asaibhse ann an eaglaisibh Dhé, air son bhur foighidín agus bhur creidimh ann bhur n-uile gheur-leanmhuinnibh agus àmhgharaidh a tha sibh a' fulang:

5 Nì a ta 'na chomhara follaiseach air ceart bhreitheanas Dé, chum gu measar gur airdh sibhse air rioghachd Dhé, air son am bheil sibh a' fulang:

6 Do bhrìgh gur ceart an nì do Dhia, àmhghar iocadh dhoibhsan a ta cur àmhghair oirbh;

7 Agus dhuibhse a ta fa àmhghar, fòis maraon ruinne, 'nuair a dh'fhoillsichear an Tighearn Iosa o nèamh, maille r'a ainglibh cumhachdach,

8 Anna an teine lasarra, a' deanamh dìoghaltais air an droing aig nach 'eil

eòlas air Dia, agus nach 'eil ùmhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Crìosd:

9 Muinntir air an deanar peanas le sgrios sìorruidh o làthair an Tighearna, agus o ghlòir a chumhachd;

10 'Nuair a thig e gu bhì air a ghlòrachadh 'na naombaibh, agus chum gu'n deanar iongantach e ann-ta-san uile a ta creidsinn san là sin (do bhrìgh gu'n do chreideadh ar fianuisne 'nar measg-a.)

11 Air an aobhar so tha sinne mar an ceudna a' deanamh sìr-ùrnuigh air bhur sonsa, chum gu meas ar Dia-ne gur fìu sibhse an gairm so, agus gu'n coimhilion e uile dheadh-ghean a mhaithéis, agus obair a' chreidimh le cumhachd:

12 Chum gu'm bi ainm ar Tighearna Iosa Crìosd air a ghlòrachadh annaibhse, agus sibhse annsan, a réir gràis ar Dé-ne, agus an Tighearna Iosa Crìosd.

### C A I B. II.

1 *Is àill leis iad a bhuanachadh san fhùrinn ris an do ghabh iad: 3 tha e a' nochdadh gu'm bi clonadh o'n chreidimh ann, 9 agus gu'm foillsichear an t-anacriòd roimh theachd là an Tighearna; 15 agus an lorg so tha e 'g aithris a rìs a cheud earail, agus a' deanamh ùrnuigh air an son.*

**A**NIS guidheamaid oirbh, a bhràithre, thaobh<sup>s</sup> teachd ar Tighearna Iosa Crìosd, agus ar comh-chruinneachaidhne d'a ionnsuidh,

2 Gun sibh bhi h-ealamh air bhur crathadh<sup>t</sup> 'nar n-inntinn, no fa

<sup>s</sup> trèid. <sup>t</sup> fa uideal.



bhuaires<sup>u</sup>, le spiorad, no le focal, no le litir, mar uainne, mar gu'm biodh là Chrìosd am fagus.

3 Na mealladh neach sam bith sibh air aon chor : oir cha d'thig an là sin mur d'thig air tùs tréigeadh-creidimh, agus mur foillsichear duine sin a' pheacaidh, mac an sgrios ;

4 A tha cur an aghaidh agus 'ga àrdachadh féin os cionn gach ni d'an goirear Dia, no d'an deanar aoradh<sup>a</sup> ; ionnas mar Dhia gu bheil e 'na shuidhe ann an teampull Dhé, 'ga nochdadh féin gur Dia e.

5 Nach cuimhne leibh, air dhomh bhi fathast maille ribh, gu'n d'innis mi na nithe so dhuibh ?

6 Agus is aithne dhuibh ciod a tha bacadh nis e bhi air fhoillseachadh 'na àm féin.

7 Oir a ta rùn-dìomhair na h-aindiadhachd ag oibreachadh cheana, a mhàin gus an toirear air falbh an ti a ta nis a' bacadh b.

8 Agus an sin foillsichear an t-aingidh sin, a chlaoidheas an Tighearn le h-anail<sup>c</sup> a bheoil féin, agus d'an cuir e as le dealradh a theachd :

9 Eadhon esan aig am bheil a theachd a réir oibreachaidh Shatain, maille ris an uile chumhachd, agus chomharaibh, agus iongantasaibh breugach,

10 Agus maille ri uile mhealltair-eachd na h-eucorach anntasan a chaillear ; a chionn nach do ghabh iad gràdh na fìrinn, chum gu slàn-uichteadh iad.

11 Agus air a shon so cuiridh Dia treun oibreachadh meallaidh d'an ionnsuidh, ionnas gu'n creid iad a' bhreug.

12 Chum gu'm bi iad uile air an dìteadh, nach do chreid an fhìrinn, ach aig an robh tlachd anns an eucoir.

13 Ach a ta dh'fhiachaibh oirne buidheachas a thoirt do Dhia a ghnàth air bhur sonsa, a bhràithre, ionmhuinn do'n Tighearn, do bhrìgh gu'n do thagh Dia sibh o thùs chum slàinte, tre naomhachadh an Spioraid, agus creidsinn na fìrinn :

14 Chum an do ghairm e sibh trid ar soisgeilne, chum sibh a dh'fhaotainn glòire ar Tighearna Iosa Crìosd.

15 Uime sin, a bhràithre, seasaibh gu daingean, agus cumaibh na teagasgan a thugadh dhuibh, co dhiubh is ann le focal, no le'r litirne.

16 A nis gu'n tugadh ar Tighearn Iosa Crìosd e féin, agus Dia eadhon ar n-Athairne, a ghràdhaich sinn, agus a thug dhuinn sòlas siorruidh, agus dòchas maith tre ghràs,

17 Comhfhurtachd d'ar cridhese, agus gu daingnicheadh e sibh anns gach uile dheadh fhocal agus ghnìomh.

### C A I B. III.

1 Tha e 'g iarraidh an ùrnuigh air a shon féin, 3 a' cur an céill meud an earbsaidh a tha aige asda, 5 a' guidheadh Dhé as an leth, 6 a' toirt iomadh comhairle orra 'gu h-àraid iad a sheachnadh dìomhanais, agus droch cuideachd ; &c.

**F**A dheoidh, a bhràithre, deanaibh ùrnuigh air ar soinne, chum gu'n ruith focal an Tighearna, agus gu'm bi e air a ghlòrachadh mar ann bhur measgsa ;

2 Agus chum gu saorar sinne a dhaoineibh mi-reusonta agus olc : oir cha'n ann aig na h-uile a ta creidimh.

3 Ach a ta an Tighearn dileas, a dhaingnicheas agus a choimhideas o'n olc<sup>d</sup> sibh.

4 Agus a ta earbsa againn san Tighearn d'ar taobhsa, gu bheil sibh araon a' deanamh agus gu'n dean sibh na nithe a tha sinn ag àithneadh dhuibh.

5 Agus gu seòladh an Tighearn bhur cridheacha chum gràidh Dhé, agus chum foighidin Chrìosd<sup>d</sup>.

6 A nis àithneamaid dhuibh, a bhràithre, ann an ainm ar Tighearna Iosa Crìosd, sibh féin a dhealachadh ris gach uile bhràthair a tha 'g imeachd gu mi-riaghailteach, agus ni h-ann a réir an teagaisg a fhuair e uainne.

<sup>u</sup> mhaoim, ghioraig. <sup>a</sup> a ta urramach. <sup>b</sup> a mhàin an ni a ta cur bacaidh a nis bacaidh e gus an toirear air falbh e. <sup>c</sup> spiorad. <sup>d</sup> o'n droch spiorad. <sup>e</sup> feitheamh gu foighidneach ri Crìosd.

7 Oir a ta fhios agaibh féin cionnus is còir dhuibh ar lorgne leantuinn: oir cha do ghiùlain sinne sinn féin gu mi-riaghailteach 'nar measg;

8 Nì mò a dh'ith sinn aran duine sam bith a nasgaidh; ach le saothair agus anshocair, a dh'oidhche agus a là ri h-obair, chum nach cuireamaid ar trom air a h-aon agaibh:

9 Cha'n e nach 'eil comas f ag-ainn, ach a chum gu'n deanamaid sinn féin 'nar n-eisempleir dhuibhse, gu ar leantuinn.

10 Oir an uair a bha sinn maille ribh, thug sinn an àithne so dhuibh, mur àill le neach obair a dheanamh, gun e dh'itheadh *bìdh*.

11 Oir tha sinn a' cluinntinn gu bheil daoine àraidh ag imeachd gu mi-riaghailteach 'nar measg, nach 'eil a' deanamh oibre sam bith, ach a' gabhail gnothuich ri nithibh nach buin doibh.

12 A nis tha sinn a' toirt àithne d'an leithidibh sin, agus ag earail orra trid ar Tighearna Iosa Criosd, le saothreachadh gu ciuin, gu'n ith iad an aran féin.

13 Agus sibhse, a bhràithre, na sgithichibh do dheanamh maith.

14 Agus ma ta neach sam bith nach toir ùmhlachd d'ar focalne trid an litir so, comharaichibh esan, agus na biodh comhluadar agaibh ris, chum gu'm bi nàire air.

15 Gidheadh na measaibh e mar nàmhaid, ach thugaibh comhairle air mar bhràthair.

16 A nis gu'n d'thugadh Tighearna na sìth e féin sìth dhuibhse a ghnàth, air gach aon chor. *Gu robh* an Tighearn maille ribh uile.

17 Fàilte uamsa Pòl le m' làimh féin, nì a's e an comhara anns gach uile litir: mar so scrìobham.

18 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd *gu robh* maille ribh uile. Amen.

## CEUD LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM THIMOTEUIS.

### C A I B. I.

1 *Tha an t-ordugh a thugadh do Thimoteus 'nuair a chaidh Pòl do Mhacedonia, air a chur an cuimhne dha.* 5 *Mu thimchioll feum dlìgh-each an lagha,* 11 *agus gairm Phòil gu bhì 'na abstol;* 20 *agus mu Himeneus agus Alecsander.*

**P**OL abstol Iosa Criosd, a rèir àithne Dhé ar Slànuighir, agus an Tighearna Iosa Criosd, *neach a's e ar dòchas;*

2 Chum Thimoteuis m'fhìor mhac anns a' chreidimh: gràs, tròcair, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o Iosa Criosd ar Tighearn.

3 Mar a dh'iarr mi ort fantuinn ann an Ephesus, 'nuair a chaidh mi

do Mhacedonia, chum gu'n d'thugadh tu ordugh do dhream àraidh gun atharrachadh teagaisg a thoirt uatha;

4 Agus gun aire a thoirt do sgeulachdaibh, agus do shloinntaireachd neo-chrìochnaich, a bheir aobhar do cheisidibh, nì's mò na do fhòghlum diadhaidh, a tha tre chreidimh: *dean mar sin.*

5 A nis 's e's crìoch do'n àithne gràdh a cridhe glan, agus a coguis mhaith, agus a creidimh neo-chealgach:

6 Nithe air do dhream àraidh elaoonadh uatha, chaidh iad a thaobh chum dìomhanais cainnte;

7 A' miannachadh bhì 'nan luchd-



teagaisg an lagha, agus gun iad a' tuigsinn ciod a deir iad, no ciod iad mu'm bheil iad a' toirt cinnte.

8 Ach tha fhios againn gu bheil an lagh maith, ma ghnàthaicheas neach gu dilgheach e:

9 Air do fhios so a bhi aige, nach ann do dhuine fìreanach a dh'orduicheadh an lagh, ach do dhaoineibh neo-dhligheach agus eas-ùmhail, dhoibhsan a ta mi-dhiadhaidh agus do pheacachaibh, do dhaoineibh mi-naomha agus neo-chràbhach, do luchd-marbhaidh aithriche agus do luchd-marbhaidh mhàithriche, do luchd-mortaidh,

10 Do luchd-strìopachais, do luchd-anamhianna mi-nàdurra, do luchd-goid dhaoine, do bhrengairibh, do luchd-eithich, agus ma tha ni sam bith eile a tha'n aghaidh teagaisg fhallain,

11 A réir soisgeil ghlòrmhoir an Dé bheannuichte, a dh'earbadh riumsa.

12 Agus bheiream buidheachas do Iosa Crìosd ar Tighearn, a neartaich mi, do bhrìgh gu'n do mheas e mi dìleas, 'gam chur sa' mhinistireileachd;

13 A bha roimhe a'm' fhear-labhairt toibheim, agus a'm' fhear-geurleanmhuinn, agus a'm' dhuine eucorach. Ach fhuair mi tròcair, do bhrìgh gu'n d'rinn mi so tre aineolas, ann am mi-chreidimh:

14 Agus bha gràs ar Tighearna thar tomhas ro-phailte dhomh, maille ri creidimh, agus ri gràdh a ta ann an Iosa Crìosd.

15 Is fìor an ràdh so, agus is fìu e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'fhainig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach; d'am mise an ceud-fhear.

16 Gidheadh, air a shon so fhuair mi tròcair, chum gu'm foillsicheadh Crìosd annamsa air tùs an uile fhad-fhulangas, mar shaimpleir dhoibhsan a chreideadh ann an déigh so, chum na beatha maireannaich.

17 A nis do'n Rìgh shiorruidh, neo-thruaillidh, neo-fhaicsinneach, do'n Dia a ta mhàin glic, gu robh onoir agus glòir, gu saoghal nan saoghal. Amen.

18 An àithne so carbam riut Thimoteuis a mhic, a réir nam fàidheadaireachd a rinneadh umad roimhe so, chum tridsan gu'n cogadh tu deadh chogadh,

19 A' coimhead creidimh agus deadh choguis; ni air do chuid do dhaoineibh a chur uatha, rinn iad long-bhriseadh thaobh a' chreidimh.

20 D'am bheil Himeneus agus Alecsander; muinntir a thug mise thairis do Shatan, chum le'n smachdachadh gu'm fòghlumadh iad gun toibheum a labhairt.

## C A I B. II.

1 Gur còir ùrnuigh agus breith-buidheachais a ghnàthachadh air son nan uile dhaoine. 9 Cionnus is còir do mhnàibh bhi air an sgeadachadh: 12 cha 'n eil e ceadaichte dhoibh teagasg a thoirt uatha: &c.

**I**ARRAM uime sin, roimh na h-uile nithibh, gu'n deanar ath-chuinge, ùrnuighean, eadar-ghuidheadh, agus breith-buidheachais air son nan uile dhaoine:

2 Air son rìghrean, agus air son nan uile a tha ann an ùghdarras: chum gu'n caith sinn ar beatha gu foisneach agus gu sìothchail, anns an uile dhiadhachd agus chiatfachd.

3 Oir tha so maith agus taitneach am fianuis Dé ar Slànuighir:

4 Neach leis an àill na h-uile dhaoine bhi air an slànuchadh, agus iad a theachd chum eòlais na firinn.

5 Oir is aon Dia a ta ann, agus aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an duine Iosa Crìosd;

6 A thug e féin 'na éirici air son nan uile, mar fhianuis ann an àm iomchuidh;

7 Chum an d'orduicheadh mise a'm' shearmonaiche, agus a'm' abstol, (labbram an fhìrinn ann an Crìosd, ni'n deanam breug) a'm' fhear-teagaisg nan Cinneach ann an creidimh agus ann am firinn.

8 Uime sin is àill leam na fir a dheanamh ùrnuigh sgach àit, a' togail suas làmh naomha, gun fheirg, gun amharus;

9 Air an dòigh cheudna, na mnà

a chur eudaich iomchuidh umpa, 'gan sgeadachadh féin le nàisneachd agus stuaim: cha'n ann le casadh an gruaige, no le h-òr, no le neamhnuidibh. no le culaidhibh luachmhor;

10 Ach (mar is cubhaidh do mhnàibh a tha 'g aideachadh diadhachd) le deadh oibribh.

11 Fòghlumadh a' bhean ann an ciuineas leis an uile ùmhlachd.

12 Ach ni'n ceadaicheam do mhnai teagasg a thoirt uaipe<sup>1</sup>, no ceannas a ghlacadh air an fhear, ach i bhi 'na tosd.

13 Oir is e Adhamh a chruthaich-eadh air tùs, agus 'na dhéigh sin Eubha.

14 Agus cha b'e Adhamh a mhealladh, ach air do'n mhnai bhi air a mealladh, bha i sa' chionta.

15 Gidheadh tearnar i tre bhreith cloinne, ma bhuaicheadh iad ann an creidimh, agus ann an gràdh, agus ann an naomhachd, maille ri stuaim.

## C A I B. III.

1 Cìod iad na buaidhean a's còir bhi air na h-easbuigibh, agus air na deaconaibh, agus air am mnàibh; 14 agus c'ar son a scrìobh Pòl na nithe so gu Timoteus. 15 Mu thimchioll na h-eaglais, agus na firinn beannuichte a ta air a teagasg agus air a h-aideachadh innte.

**I**S ràdh fìor so, Ma tha togradh aig aon duine chum dreuchd easbuig<sup>m</sup>, tha e miannachadh deadh oibre.

2 Uime sin is còir do easbuig bhi neo-lochdach, 'na fhear aon mhnà, faireil, crìonna<sup>n</sup>, deadh-bheusach, daonnachdach, ealamh gu teagasg;

3 Gun bhi 'na phòitear<sup>o</sup>, gun bhi buaillteach, gun bhi déidheil air buannachd shalaich: ach macanta, neo-thuasaideach<sup>p</sup>, neo-shanntach;

4 'Na dhuine a riaghlas a thigh féin gu maith, aig am bheil a chlann fuidh smachd maille ris an uile shuidheachadh-inntinn<sup>r</sup>;

5 (Oir mair aithne do dhuine a thigh

féin a riaghlachadh, cionnus a ghabhas e cùram do eaglais Dhé?)

6 Gun bhi 'na nuadh-chreideach, an t-eagal, air dha bhi air atadh le h-uabhar, gu'n tuit e ann an dìteadh an diabhoil.

7 Is còir dha mar an ceudna deadh theistèas bhi aige uathasan a ta'n leth muigh; air eagal gu'n tuit e ann an aithis<sup>s</sup>, agus ann an ribe an diabhoil.

8 Mar an ceudna is còir do na deaconaibh<sup>t</sup> bhi suidhichte, gun an teangadh bhi leam leat, gun bhi cionail<sup>u</sup> air mòran fiona, gun bhi déidheil air buannachd shalaich,

9 A' cumail rùn-dìomhair a' chreidimh ann an coguis ghloin.

10 Agus biodh iadsan mar an ceudna air an dearbhadh an toiseach; agus an sin gnàthaicheadh iad dreuchd deacoin<sup>a</sup>, air dhoibh bhi air am faghail neo-choireach.

11 Is amhuil sin is còir do na mnàibh<sup>b</sup> bhi suidhichte, gun bhi 'nan luchd-tuaileis<sup>c</sup>; ach bhi measarra, ionraic sna h-uile nìthibh.

12 Biodh na deacoin 'nam fir aon mhnà, a' riaghlachadh an cloinne, agus an tìghe féin gu maith.

13 Oir an droing a ghnàthaich dreuchd deacoin gu maith, tha iad a' cosnadh deadh cheum dhoibh féin, agus dànachd mhòr sa' chreidimh, a tha ann an Iosa Crìosd.

14 Scrìobham na nithe so chugad, an dòchas teachd gu grad a' t'ionnsuidh:

15 Ach ma ni mi moille, chum gu'm bi fhios agad cionnus is còir dhuit thu féin a ghiùlain ann an tìgh Dhé, ni a's e eaglais an Dé bheo, post agus stéidh-dhaingnich<sup>d</sup> na firinn.

16 Agus gun amharus is mòr rùn-dìomhair na diadhachd: dh'fhoillsichheadh Dia san fheòil, dh'fhìreanaicheadh e san spiorad, chunncas le ainglibh e, shearmonaicheadh e do na Cinneachaibh, chreideadh ann air an t-saoghal, ghabhadh suas e chum glòire.

<sup>1</sup> uaithe. <sup>m</sup> oifig fir-coimhid. <sup>n</sup> ciallach, stuama. <sup>o</sup> trom air fìon. <sup>p</sup> neo-charroideach. <sup>r</sup> chudthromachd, fhonnmhoireachd. <sup>s</sup> scainnil.

<sup>t</sup> do'n luchd-frìthealaidh. <sup>u</sup> ceisteil, déidheil. <sup>a</sup> frìtheileadh

iad. <sup>b</sup> d'am mnàibh. <sup>c</sup> luchd-càineadh. <sup>d</sup> bunait.



## C A I B. IV.

1 *Tha e a' roimh-innseadh gu'n d'fhéid daoine anns na h-aimsiribh deir-eannach air seacharan o'n chreidimh: 6 agus chum nach biodh Timoteus a dhéidh-laimh 'na dhleasdanas, tha e toirt comhairleun eagsamhail air.*

**A** NIS a deir an Spiorad gu soilleir, anns na h-aimsiribh deir-eannach<sup>e</sup> gu'n tréig dream àraidh an creidimh, a' toirt aire do spioraidibh mealltach agus do theagasaibh dheamhan;

2 Trid ceilge bhreugairean<sup>f</sup>, air bhi d'an coguisibh air an losgadh le iarunn dearg;

3 A' toirmeasg pòsaidh, agus ag iarraidh bidheanna a sheachnadh, a chruthaich Dia chum an gabhail maille ri breith-buidheachais leosaz a ta creidsinn, agus aig am bheil eòlas na fìrinn.

4 Oir is maith gach ni a chruthaich Dia, agus cha'n ion ni sam bith a dhiùltadh, a ghabhar le breith-buidheachais:

5 Oir a ta e air a naomhachadh le focal Dé agus le h-ùrnuigh.

6 Ma chuireas tu na nithe so an cuimhne do na bràithribh, bithidh tu a'd' dheadh mhinisteir-do Iosa Crìosd, air t'altrum suas ann am briathraibh a' chreidimh, agus an deadh theagaisg air an do ghabh thu eòlas<sup>g</sup>,

7 Ach diùlt sgeulachda mi-dhiadhiidh shean bhan, agus cleachd thu fèin chum diadhachd.

8 Oir a ta an cleachda corporra tarbhach chum beag nithe; ach a ta 'n diadhachd tarbhach chum nan uile nithe, aig am bheil gealladh na beatha a ta làthair, agus a chum teachd.

9 Is ràdh fìrinneach so, agus is fiu e air gach aon chor gabhail ris.

10 Oir is ann uime so a ta sinn maraon ri saothair, agus a' fulang maslaidh, do bhrìgh gu bheil dòchas<sup>h</sup> againn san Dia bheo, neach a's e Slàn-ùighear nan uile dhaoine, gu h-àraid nan creideach.

11 Aithn agus teagaisg na nithe so.

12 Na deanadh duine sam bith

tarcuais air t'òige; ach bi thusa a'd' elsempleiri do na creidich, ann am focal, ann an caitheadh-beatha, ann an gràdh, ann an spiorad, ann an creidimh, ann am fìor-ghloine.

13 Gus an d'thig mi, thoir an aire do leughoireachd, do earail, do theag-asg.

14 Na dearmad an tiodhlac a ta annad, a thugadh dhuit tre fhàidhead-aireachd, maille ri leagadh làmh na seanaireachd ort.

15 Smuaintich air<sup>l</sup> na nithibh sin, thoir thu fèin gu tur dhoibh, chum gu'm bi do theachd air t'aghaidh follaiseach do na h-uile.

16 Thoir aire dhuit fèin, agus do d' theagasc; buanaich anna: oir le so a dheanamh, saoraidh tu araon thu fèin, agus iadsan a tha 'g éisdeachd riut.

## C A I B. V.

1 *Riaghailtean a's còir a leantuinn ann an cronachadh, 3 Mu bhantrachaibh. 17 Mu sheanairibh. 23 Comhairle do Timoteus mu thimchioll a shlàinte, &c.*

**N**A garg-chronaich seanair, ach cuir impidh air mar athair, agus air na h-òig-fhìr mar bhràithribh;

2 Na mnàì aosda mar mhàithrichibh, na mnàì òga mar pheathraichibh, maille ris an uile fhìor-ghloine.

3 Thoir urram do bhantrachaibh a tha 'nam bantrachaibh da rìeadh.

4 Ach ma tha bartrach air bith aig am bheil clann no oghachan, fòghlumadh iad air tùs bhi dleasdhanach 'nan tigibh fèin, agus ath-dhiol a thoirt d'am pàrantaibh: oir a ta so maith agus taitneach am fianuis Dé.

5 A nis cuiridh ise a ta 'na bantraich da rìeadh, agus air a fàgail 'na h-aonar, a dòchas ann an Dia, agus buanaichidh si a là agus a dh'oidhche ann an athchuingibh, agus ann an ùrnuighibh.

6 Ach ise a tha caitheadh a beatha am macnus<sup>m</sup>, air dh'i bhi beo, tha i marbh.

7 Uime sin aithn na nithe so

<sup>e</sup> na h-aimsiribh ri teachd. <sup>f</sup> A' labhairt bhreug ann an ceilg. <sup>g</sup> air an d'ràinig thu. <sup>h</sup> earbsa. <sup>i</sup> shamhlachas. <sup>l</sup> Gabh cùram do. <sup>m</sup> gu sòghail.

dhoibh, chum gu'm bi iad neo-lochdach.

8 Ach mur dean duine solar air son a chuideachd féin, agus gu h-àraid air son muinntir a theaglaich, dlh'àicheadh e'n creidimh, agus is miosa e na anacreideach.

9 Na gabhar bantrach san àireamh a bhios fuidh thri fichead bliadhna dlh'aois, a bha 'na mnaoi aon fhir,

10 Air am bheil teistean<sup>n</sup> a thaobh dheadh oibre; ma dh'oil i<sup>o</sup> clann, ma thug i aoidheachd uaipe, ma dh'ionnlaid i cosa nan naomh, ma dh'fhòir i air luchd-àmhghair, ma lean i gu dìchiollach gach deadh obair.

11 Ach diùlt na bantraich òga: oir an uair a dh'fhàsas iad mear an aghaidh Chrìosd, is miann leo pòsadh;

12 Muinntir a ta fuidh dhìtheadh, a chionn gu'n do thréig iad an ceud chreidimh.

13 Agus os bàrr, fòghlumaidd iad bhi dìomhanach, a' dol mu'n cuairt o thigh gu tigh; agus cha'n e mhàin dìomhanach, ach mar an ceudna gabhannach, agus a' gabhail gnoth-uich ris na nithibh nach buin doibh, a' labhairt nithe nach bu chòir dhoibh.

14 Is àill leam uime sin na mnàir òga a phòsadh, iad a bhreith cloinne, a stiùradh an tighe, agus gun chion-fath air bith a thoirt do'n eascaraid labhairt gu toibheumach.

15 Oir a ta cuid a cheana air dol a thaobh an déigh Shàtain.

16 Ma tha aig creideach no aig ban-chreideach bantracha, fòireadh iad orra, agus na biodh an trom air an eaglais; chum's gu'n dean i cabhair orrasan a tha 'nam bantrachaibh da rìreadh.

17 Measar gur fiu na seanairean a riaghlaiheas gu maith urram dùbailte, gu h-àraid iadsan a tha saothreachadh san fhocal agus ann an teagasg.

18 Oir a deir an scriobtuir, Na ceangail beul an daimh a tha saltairt<sup>p</sup> an arbhair: agus, Is fiu an t-oibriche a thuarasdal.

19 Na gabh casaid an aghaidh

seanair, ach le dithis no triuir a dh'fhianuisibh.

20 Iadsan a tha peacachadh cron-aich an làthair nan uile, chum gu'n gabh càch eagail mar an ceudna.

21 Sparram ort am fianuis Dé, agus an Tighearna Iosa Crìosd, agus nan aingeal taghta, gu'n coimhid<sup>r</sup> thu na nithe so gun aon a chur roimh neach eile, gun ni air bith a dheanamh le claon bhreth.

22 Na leag do làmba gu h-obann air duine sam bith, agus na biodh comhpairt agad do pheacaibh dhaoin' eile: coimhid thu féin glan.

23 Na h-òl uisge ni's mò, ach cleachd beagan fìona air son do ghoile, agus t'anmhuinneachd mhinic.

24 Tha peacanna cuid do dhaoinibh follaiseach roimh-làimh, a' dol rompa chum breitheanais; agus tha peacanna dhream àraidh 'gan lean-tuinn.

25 Mar an ceudna tha deadh oibre cuid follaiseach roimh-làimh; agus na h-oibre a ta air ghleus eile, cha'n fheudar am folach.

## C A I B. VI.

1 Mu dhleasdanas sheirbhiseach: 3 Gun chomunn bhi againn ri droch luchd-teagaisg. 6 Is buannachd mhòr an diadhachd: 10 'Se gaol an airgid freumh gach uile. 11 Cìod is còir do Thimoteus a sheachnadh, agus a leantainn; &c.

**M** EASADH a' mheud 's a ta fuidh'n chuing 'nan seirbhisich, gur fiu am maighstirean féin an uile urram; chum's nach faigh ainm Dhé, agus a theagasg toibheum.

2 Agus iadsan aig am bheil maighstirean creideach, na deanadh iad tarcuis orra, air son gur bràithrean iad: ach gu ma fearr leo seirbhis a dheanamh dhoibh, do bhrìgh gu bheil iad creideach agus ionmhuinn, 'nan luchd comhpairt do thìodhlac a' ghràis. Na nithe so teagaisg agus earailich.

3 Ma bheir aon neach atharrachadh teagaisg uaith, agus nach aontaich e do bhriathraibh fallain, eadhon do bhriathraibh ar Tighearna Iosa Crìosd,



agus do'n teagaisg a ta réir na diadhachd;

4 Tha e uaibhreach, gun èòlas aige air ni sam bith, ach e as a chéill mu thimchioll cheisdean, agus bhriatharchonnasachadh<sup>s</sup>, o'n d'thig farmad, comh-stri, anacainnt, droch amharusan,

5 Fiar-dheasboireachd dhaoine 'gam bheil inntinn thruaillidh, agus as eugmhais na firinn, a' meas gur buannachd<sup>t</sup> an diadhachd: dealaich ris an leithidibh sin.

6 Ach is buannachd mhòr an diadhachd maille ri toileachas-inntinn.

7 Oir cha d'thug sinn ni air bith leinn do'n t-saoghal, agus is soilleir nach urradh sinn ni sam bith thoirt as.

8 Uime sin air dhuinn biadh agus eudach a bhi againn, bitheamaid toilichte leo sin.

9 Ach an dream le'n àill bhi beartach, tuitidh iad ann am buaireadh, agus ann an ribe, agus ann an iomad anamhiann amaideach agus ciurrail<sup>u</sup>, a bhàthas daoine ann am milleadh agus ann an sgrios.

10 Oir is e gaol an airgid freumh-gach uile: ni ara feadh a mhiannaich dream àraidh, chaidh iad air seacharan o'n chreidimh, agus throimh-lot siad iad féin le iomadh cràdh.

11 Ach thusa, O òglaich Dhé, teich o na nithibh sin: agus lean fìr-eantachd, diadhachd, creidimh, gràdh, foighidin, ceannsachd.

12 Còmhraig deadh chòmhrag<sup>a</sup> a' chreidimh, gabh greim do'n bheatha mhaireannaich, chum mar an ceudna an do ghairmeadh thu, agus dh'aidich thu deadh aidmheil an làthair mòrain fhianuisean,

13 Sparram ort ann am fianuis Dé, a bheothaicheas na h-uile nithe, agus am fianuis Iosa Criosd, a rinn fianuis air deadh aidmheil an làthair Phontius Pilat;

14 Thu choimhead na h-àithne so gun smal, gun lochd, gu teachd ar Tighearna Iosa Criosd:

15 Ni ann a àmaibh féin a dh'fhoillsichas an ti a ta beannuichte, agus a mhàin cumhachdach, Rìgh nan rìgh agus Tighearna nan tigh-earna;

16 Neach 'na aonar aig am bheil neo-bhàsmhorachd, a ta 'na chòmh-nuidh san t-solus dh'ionnsuidh nach feudar teachd, neach nach faca duine sam bith, agus nach mò dh'fheudas e fhaicinn: dhasan gu robh onoir agus cumhachd sìorruidh. Amen.

17 Thoir àithne do na daoineibh a ta saibhir san t-saoghal so, gun iad a bhi àrd-inntinneach, agus gun dòchas a chur ann an saibhreas neo-chinnteach, ach anns an Dia bheo, a tha toirt duinn nan uile nithe gu saibhir r'am mealtuinn:

18 Iad a dheanamh maith, iad a bhi saibhir ann an deadh oibrìbh, ealamh gu roinn<sup>b</sup>, comh-pàirteach;

19 A' tasgaidh suas doibh féin deadh bhunait fa chomhair an àm ri teachd, chum's gu'n dean iad greim air a' bheatha mhaireannaich.

20 Oir a Thimoteuis, coimhid an ni sin a dh'earbadh riut, a' seachnadh faoin-chòmhraidh mbi-naomha, agus comh-chogadh eolais d'an tiubhrar gu breugach an t-ainm sin<sup>c</sup>.

21 Ni air bhi do dhream àraidh ag aidmheil, chaidh iad air seacharan thaobh a' chreidimh. Gràs gu robh maille riut. Amen.

<sup>s</sup> stri mu fhoclaibh. <sup>t</sup> tairbhe. <sup>u</sup> diubhalach, dosgainneach, dochannach.

<sup>a</sup> Cuir deadh chath. <sup>b</sup> easguidh a thoirt an cuid uatha.

<sup>c</sup> i. e. ainm edlais.

## DARA LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM THIMOTEUIS.

### CAIB. I.

1 Gràdh Phòil do *Timoteus*, agus an creidimh treibhdhireach a bha ann an *Timoteus* féin, agus, na mhàthair agus 'na shean-mhàthair. 6 Tha e cur ìmpidh air tiodhlac Dhé a bha ann a dhùsgadh suas, 8 e bhi seas-mhach agus foighidneach fuidh gheur-leanmhuinn, 15 agus e a bhuannachadh ann am foirceadal agus ann am fèirinn an teagaisg a dh'fhoghlaim e uath-sin, &c.

**P**ÒIL abstol Iosa Criosd tre thoil Dé, a réir geallaidh na beatha, a tha ann an Iosa Criosd;

2 Gu *Timoteus* mo mhac gràdhach: gràs, tròcair, agus sìothchaint o Dhia an t-Athair, agus o Iosa Criosd ar Tighearn.

3 Bheiream buidheachas do Dhia, d'an deanam seirbhis o m' shinnsiribh le coguis ghloin, gu bheil agam cuimhne ortsa a ghnàth a là agus a dh'oidheche ann am ùrnuighibh:

4 Air dhomh bhi ro-thogarrach air thusa fhaicinn; a' cuimhneachadh do dheura, chum gu'm bi mi air mo lìonadh le gairdeachas:

5 'Nuair a chuimhniceas mi an creidimh neo-chealgach a tha annad-sa, a chòmhnuich air tùs a'd' shean-mhàthair Lois, agus a'd' mhàthair Eunice; agus is deimhin leam a tha annadsa mar an ceudna.

6 Air an aobhar so cuiream an cuimhne dhuit, thu dh'ath-bheothachadh tiodhlaic Dhé, a tha annad tre chur mo làmhsa ort.

7 Oir cha d'thug Dia dhuinne spiorad na geilt; ach spiorad a' chumhachd, agus a' ghràidh, agus na h-inntinn fhallain.

8 Uime sin na gabhsa nàire do fhianuis ar Tighearna, no dhìomsa

a phriosunach: ach biodh do chuid agad do àmhghar an t-soisgeil, a réir cumhachd Dhé;

9 A shaor sinne, agus a ghairm sinn le gairm naomha, cha'n ann a réir ar n-oibre, ach a réir a ruin féin agus a ghràis a thugadh dhuinne ann an Iosa Criosd, roimh thoiseach an t-saoghail,

10 Ach a dh'fhoillsicheadh a nis tre theachd ar Slànuighir Iosa Criosd, a chuir as do'n bhàs, agus a thug beatha agus neo-bhàsmhorachd chum soluis, trid an t-soisgeil:

11 Chum an d'orduicheadh mise a'm' shearmonuiche, agus a'm' abstol, agus a'm' fhear-teagaisg nan Cinn-each,

12 An t-aobhar fa'm bheil mi mar an ceudna a' fulang nan nithe so; gidheadh cha 'n'eil nàire orm: oir a ta fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bhicil esan comasach air an ni sin a dh'earb mi ris a choimhead fa chomhar an là sin.

13 Cum gu daingean samhladh fìrinneach, nam briathar fallain, a chuala tu uamsa, ann an creidimh agus ann an gràdh a ta ann an Iosa Criosd.

14 Coimhid an taisgeach maith sin a dh'earbadh riut, trid an Spioraid naoimh a tha chòmhnuidh annainn.

15 Tha fhios so agad, gu'n do phill iadsan uile a tha san Asia uamsa; d'am bheil Phigellus agus Hermogenes.

16 Gu'n d'thugadh an Tighearn tròcair do theaghlach Onesiphorus; oir is minic a thug e sòlas dhomhsa, agus cha do ghabh e nàire do m' shlabhraidh.

17 Ach an uair a bha e san Ròimh



dh'iarr e mach maì gu dìchiollach, agus fhuair e mì.

18 Gu deònaicheadh an Tighearn dhasan gu'm faigh e tròcair o'n Tighearn san là sin: agus a ta sàr-fhios agad, cia lìon nithe anns an d'rinn e frithealadh dhomhsa ann an Ephesus.

### C A I B. II.

1 *Tha e cur ìmpidh air a rìs a bhi seasmhach agus buan-mhaireannach, agus dleasdanas fìor òglaich an Tighearna chur gnìomh, leis an fhocal a roinn gu ceart, agus faoin-chainnt mhi-dhiadhaidh a sheachnadh.* 17 *Mu Himeneus agus Philetus.* 19 *Tha bunait an Tighearna cinnteach, &c.*

**U**IME sin bi-sa, a mhiic, làidir anns a' ghràs a ta ann an Iosa Criosd.

2 Agus na nithe a chuala tu uamsa am measg mhòrain fhianuisean, earb thusa na nithe sin féin ri daoineibh fìrinneach, a bhios iomchuidh gu daoine eile a theagasg mar an ceudna.

3 Fuiling thusa uime sin cruaidh-chas, mar dheadh shaighdear Iosa Criosd.

4 Cha dean neach sam bith a leanas an cogadh e féin a ribeadh ann an gnothuichibh na beatha so: chum's gu'n toilich e an ti a thag e gu bhi 'na shaighdear.

5 Agus mar an ceudna ge do ni fear air bith sbairn<sup>e</sup>, cha chrùnair e mur dean e sbairn gu dilgheach.

6 Is còir do'n treabhaiche a shaoithricheas air tùs, comhroinn fhaotainn do'n toradh.

7 Smuaintich air na nithibh a deiream; agus gu d'thugadh an Tighearna dhuit tuigse anns na h-uile nithibh.

8 Cuimhnich gu'n do thogadh o na marbhaibh Iosa Criosd, do shìol Dhaibhidh, a réir mo shoisgeilse:

9 Air son am bheil mise a' fulang mar fhear droch-bheirt, eadhon gu geimhlibh; ach cha 'n'eil focal Dé ceangailte.

10 Uime sin iomchaiream na h-uile

nithe air son nan daoine taghta, chum gu'm faigh iadsan mar an ceudna an t-slàinte a tha ann an Iosa Criosd, maille ri glòir shiorruidh.

11 *Is ràdh fìor so, Ma bhàsaicheas sinn maille ris, gu'm bi sinn beo mar an ceudna maille ris:*

12 Ma dh'fhuilgeas sinn, riogh-aichidh sinn mar an ceudna maraon ris: ma dh'àicheadhas sinn e, àicheadhaidh esan sinne mar an ceudna:

13 Ge nach creid sinne<sup>f</sup>, gidheadh tha esan a' fantuinn fìrinneach; cha 'n'eil e'n comas d'a e féin àicheadh.

14 Cuir na nithe sin an cuimhne dhoibh, a' cur sparraidh orra am fianuis an Tighearna, gun iad a bhi connasachadh mu fhoclaibh anns nach 'eil tairbhe sam bith, ach a thilgeas bun os ceann an luchd-éisdeachd.

15 Dean dìchioll air thu féin a nochdadh dearbhta do Dhia, a'd' shaoithraiche nach ruig a leas nàire a ghabhail, a roinn focail na fìrinn gu ceart.

16 Ach seachain faoin-chainnt mhi-naomha; oir théid iad air aghaidh chum an tuilleadh mi-dhiadhachd.

17 Agus ithidh am focal mar chnàmhuinn; d'am bheil Himeneus agus Philetus;

18 Muinntir thaobh na fìrinn a chaidh air seacharan, ag ràdh gu'n deachaidh an aiseirigh cheana seach; agus a ta tilgeadh creidimh dream àraidh bun os ceann.

19 Gidheadh, a ta bunait Dhé a' seasamh daingean, aig am bheil an seula<sup>g</sup> so, Is aithne do'n Tighearn an droing sin a's leis. Agus, Gach neach a tha 'g ainmeachadh ainm Chrìosd, tréigeadh e eucoir.

20 Ach ann an tigh mòr cha'n e mhàin gu bheil soithichean òir, agus airgid, ach mar an ceudna soithiche fiodha, agus creadha<sup>h</sup>; agus cuid diubh chum onoir, agus cuid eile chum easonoir.

21 Uime sin ma ghlanas neach e féin uatha so, bithidh e 'na shoith-each chum onoir, air a naomhachadh, agus iomchuidh chum feim a' mhaigh-

<sup>d</sup> a chur an sàs. <sup>e</sup> gleachda, stri.

<sup>g</sup> scriobhadh.

<sup>f</sup> Ge nach 'eil sinne fìrinneach.

<sup>h</sup> criadha.

stir, deas chum gach uile dheadh oibre.

22 Teich uime sin o anamhiannaibh na h-òige: ach lean fireantachd, creidimh, gràdh, sìothchaint maille rìusan a ta gairm air an Tighearn o chridhe glan.

23 Ach seachain ceisdean amaid-each agus neo-fhoghlumte, air dhuit fios a bhi agad gu'n tog iad conn-saichean.

24 Agus cha'n fheud òglach an Tighearna bhi conspoideach; ach ciuin ris na h-uile dhaoineibh, ealamh chum teagaisg, foighidneach,

25 Ann an ceannsachd a' teagasg na droinge a sheasas 'na aghaidh; dh'fheuchainn an d'thoir Dia uair air bith aithreachas dhoibh, chum aidmheil na fìrinn;

26 Agus air mosgladh dhoibh gun d'théid iad as o ribe an diabhoil, aig am bheil iad air am beo-ghlacadh chum a thoile.

## C A I B. III.

1 *Tha e toirt rabhaidh dha mu thimchioll nan amanna ri teachd, 6 ag innseadh cò iad naimhde na fìrinn, 10 a' cur eisempleir fèin roimhe, 10 agus a' moladh nan scriobtuir naomha.*

**A**CH biodh fhios so agad, gu'n d'thig anns na làithibh deir-eannach<sup>1</sup> aimsire cunnartach.

2 Oir bithibh daoine fèin-spéis-eil, sanntach, ràiteachail, uaibhreach, toibheimach, easùmhail do phàrant-aibh, mi-thaingeil, mi-naomha,

3 Gun ghràdh nàdurra, 'nan luehd brisidh coimh-cheangail, tuaileasach, neo-gheamnuidh, borb, gun ghaol do'n mhaith,

4 Fealltach, ceann-laidir, àrdan-ach, aig am bheil barr gràidh do shaimh na ta aca do Dhia.

5 Aig am bheil coslas diadhachd, ach a ta 'g àicheadh a cumhachd: o'n leithidibh sin tionndas<sup>m</sup> air falbh.

6 Oir is ann diubh so a ta'n droing sin a dh'èalaidheas<sup>n</sup> a steach do thighibh, agus a bheir leo am braighdean-as mnai shuarach air an uallachadh

le peacaibh, air an iomain le iomadh gnè anamhianna,

7 A' sìr-fhòghlum, agus gun chomas doibh gu bràth teachd chum eòlais na fìrinn.

8 Agus mar a chuir Iannes agus Iambres an aghaidh Mhaois, mar sin tha iadsan a' cur an aghaidh na fìrinn: daoine aig am bheil inntinn thruaillidh, gun tuigse thaobh a' chreidimh.

9 Ach cha d'théid iad ni's faide air an aghaidh: oir bithidh am mi-chiall follaiseach do na h-uile dhaoineibh, mar a bha am mi-chiallsan mar an ceudna.

10 Ach a ta làn-fhios agad air mo theagasga, mo ghnè beatha, mo rùn, mo chreidimh, m'fhad-fhulangas, mo sheire<sup>o</sup>, m'fhoighidin,

11 Mo gheur-leanmhuinnibh, m' ffulangais a thainig orm ann an Antioch, ann an Iconium, ann an Listra; ciod e meud nan geur-leanmhuinn a ghiùlain mi: ach asda uile shaor an Tighearn mi.

12 Seadh, fuilgidh iadsan uile leis an àill am beatha a chaitheadh gu diadhaidh ann an Iosa Crìosd, geur-leanmhuinn.

13 Ach fàsaidh droch dhaoine agus mealltairean ni's miosa agus ni's miosa, a' mealladh, agus air an mealladh.

14 Ach buanaich thusa anns na nithibh a dh'fhoghlum thu, agus air an d'rinneadh thu deabh-fhiosraich<sup>p</sup>, air dhuit fios a bhi agad cia uaith a dh'fhòghluim thu iad;

15 Agus o bha thu a'd' lean-abh gu'm b'aithne dhuit na scriobtuire naomha, a tha comasach air do dheanamh glic chum slàinte, tre'n chreidimh a ta ann an Iosa Crìosd.

16 *Tha an scriobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus tha e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oil-ein ann am fireantachd:*

17 Chum gu'm bi òglach Dhé coimhlionta, làn deas chum gach uile dheadh oibre.

<sup>1</sup> tuasaidean. <sup>1</sup> làithibh ri teachd. <sup>m</sup> pill-sa. <sup>n</sup> ghoideas.

<sup>o</sup> ghràdh. <sup>p</sup> a dh'earbadh riut.



## C A I B. IV.

1 Tha e cur impidh air a dhleasdanas a dheanamh leis an uile chùram agus dhìchioll; 6 a' toirt cinnte dha gu bheil a bhàs féin am fagus; 9 is àill leis e theachd gu grad d'a ionnsuidh, agus Marcus a thoirt leis, agus nithe àraidh eile mu'n do scriobh e chuige; 14 tha e toirt rabhaidh dha bhi air fhaicill o Alecsander an ceard-umha; &c.

**S**PARRAM ort uime sin am fianuis Dé, agus an Tighearna Iosa Criosd, a bheir breth air na beothaibh agus air na marbhaibh, aig a theachd dealrach agus ann a rioghachd.

2 Searmonaich am focal, bi dùrachdach ann an àm is ann an an-àm: spreig<sup>r</sup>, cronaich, earailich leis an uile fhad-fhulangas agns theagasg.

3 Oir thig an t-àm anns nach bi fulang aca air teagasg fallain; ach air do chluasaibh tachasach bhi aca, càrnaidh iad suas dhoibh féin luchd-teagaisg a réir an anamhianna.

4 Agus tionndaidh iad an chuasan o'n fhirinn, agus iompoichear iad chum sgeulachda faoine.

5 Ach dean thusa faire anns na h-uile nithibh, fuiling cruaidh-chas, dean obair soisgeulaiche, coimhlion<sup>s</sup> do mhinistireileachd.

6 Oir tha mi nis gu bhi air m'òb-radh, agus tha àm mo shiubhail am fagus.

7 Chòmhraig mi an deadh chòmh-rag, chrìochnaich mi mo thurst<sup>t</sup>, ghléidh mi an creidimh.

8 O so a mach taisgear fam' chomhair crùn fireantachd, a bheir an Tighearn, am breitheamh cothromach, dhomh san là ud: agus cha'n aun dhoimhsa a mhàin, ach dhoibhsan uile mar an ceudna leis an ionmhuinn a theachdsan<sup>u</sup>.

9 Dean do dhìchioll air teachd am' ionnsuidh gu luath.

10 Oir thréig Demas mi, air dha an saoghal so ta làthair a ghràdhach-

adh, agus chaidh e do Thesalonica; Crescens do Ghalatia, Titus do Dhal-matia.

11 Tha Lucas 'na aonar maille rium. Gabh Marcus agus thoir leat e: oir tha e feumail dhomhsa chum na ministreileachd.

12 Ach chuir mi Tichicus gu h-Ephesus.

13 An fhalluing a dh'fhàg mi ann an Troas aig Carpus, 'nuair a thig thu, thoir leat, agus na leabhraichean, ach gu h-àraid na meambrana<sup>a</sup>.

14 Rinn Alecsander an ceard-umha iomad ole orm: gu tugadh b an Tighearn dha a réir a ghnìomhara.

15 Bi thusa mar an ceudna air t'fhaicill uaith, oir chuir e gu mòr an aghaidh ar briatharne.

16 Aig mo cheud fhreagradh cha robh aon neach leam, ach thréig na h-uile mi: nar agrar orra e.

17 Gidheadh, sheas an Tighearn làimh rium, agus neartaich e mi; chum triomsa gu'm biodh an sear-monachadh air a làn-fhoillseachadh<sup>c</sup>, agus gu'n cluinneadh na Cinnich uile e: agus shaoradh mi a beul an leomhain.

18 Agus saoraidh an Tighearn mi o gach uile dhroch obair, agus gleidhidh e mi chum a rioghachd nèamh-aithidh féin: dhasan gu robh glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

19 Cuir fàilte air Prisca, agus Acula, agus air teaghlach Onesiphorus.

20 Dh'fhan Erastus ann an Corinthus: ach dh'fhàg mi Trophimus gu tinn ann am Miletum.

21 Dean dìchioll air teachd roimh'n gheamhradh. Tha Eubulus, agus Pudens, agus Linus, agus Claudia, agus na bràithrean uile a' cur fàilte ort.

22 Gu robh an Tighearn Iosa Criosd maille ri d' spiorad. Gràs maille ribh. Amen.

<sup>r</sup> tagair, dearbh. <sup>s</sup> thoir lan dearbhadh air. <sup>t</sup> mo choimhliong, mo réis.

<sup>u</sup> fhoillseachadh-san. <sup>a</sup> parchments. Sasg. <sup>b</sup> bheir. <sup>c</sup> air a dheanamh aithnichte, air a choimhlionadh.

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM  
THITUIS.

## CAIB I.

1 *C'ar son a dh'fhàgadh Titus ann an Crete. 6 Cìod na buadhanna is còir bhi orrasan a thaghar 'nam ministeiribh. 11 Is éigin beoil droch luchd-teagaisg a dhruideadh: 12 cìod a' ghnè dhaoine a tha ann.*

**P**OL seirbhiseach Dhé, agus abstol Iosa Crìosd, a réir creidimh d dhaoine taghta Dhé, agus aidmheil na fìrinn a ta réir diadhachd:

2 Ann an dòchas na beatha mair-eannaich, a gheall Dia do nach comasach<sup>e</sup> breug a dheanamh, roimh chruthachadh an t-saoghail<sup>f</sup>;

3 Ach dh'fhoillsich e fhocal féin, ann an àm iomchuidh tre shearmonachadh, a dh'earbadh riumsa, a réir àithne Dhé ar Slanuighir:

4 Chum Thituis mo dhearbhadh mhac féin a réir a' chreidimh choitchionn: Gràs, tròcair, agus sìth o Dhia an t-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Crìosd ar Slanuighear.

5 Air a shon so dh'fhàg mi thu ann an Crete, chum gu'n cuireadh tu'n ordugh na nithe a dh'fhàgadh gun deanamh, agus gu'n suidhicheadh tu seanairean anns gach baile, a réir mar a dh'àithn mise dhuit.

6 Ma tha neach sam bith neo-lochdach, 'na fhear aon mhnà, aig am bheil a chlann creideach, nach 'eil fuidh mhi-chliu thaobh ana-caitheimh, no easumhal.

7 Oir is còir do easbuig a bhi neo-choireach, mar stiùbhard Dhé; gun bhi féin-thoileil, no feargach, no òlmhar, no buailteach, no cionail air buannachd neo-ghloin;

8 Ach aoidheil, déidheil air daoin-

ibh maithe, ciallach, cothromach, naomha, measarra;

9 A' cumail an fhocail fhìor gu daingean, a réir teagaisg chum gu'm bi e comasach le teagasg fallain, araon earail a thabhairt, agus an dream a sheasas 'na aghaidh chur as am barail.

10 Oir a ta mòran ann a tha mi-riaghailteach, a labhras gu dìomhain agus a tha 'nam mealltairibh, gu h-àraidh iadsan a tha do'n timchiollghearradh:

11 Muinntir a's còir am beul a dhruideadh, droing a tha tionndaidh thighean iomlan bun os ceann, a' teagasg nan nithe nach còir, air ghaol buannachd shalaich.

12 A thubhairt neach àraidh dhiubh féin, eadhon fàidh dhiubh féin, *Is breugoirean a ghnàth na Cretich, droch fhiadh-bheathaichean*, builg mhall.

13 Tha an fhianuis so fìor: air an aobhar sin spreigh gu geur iad, chum gu'm bi iad fallain sa' chreidimh;

14 Gun bhi tabhairt aire do fhaoin-sgeulachdaibh Iudhach, agus do àitheantaibh dhaoine, a thionndaidheas o'n fhìrinn.

15 Oir gu deimhin tha na h-uile nithe glan do'n droing a ta glan: ach dhoibhsan a ta salach, agus mi-chreideach, *cha 'n'eil aon ni glan*; ach tha an inntinn agus an coguisi féin air an salachadh.

16 Tha iad a' gabhail orra eòlas a bhi aca air Dia; ach ann an oibribh tha iad 'ga àicheadh, air dhoibh bhi gràineil, agus easumhal, agus a thaobh gach deadh oibre as eugmhais tuigse!

d air son creidimh, e aithne. f roimh amanna nan linn. g chumanta.

h cronaich, i coimh-fhios, coinsiens. l mi-ghleusda, neo-iamchuidh chum gach deadh oibre.



## C A I B. II.

1 *Comhairlean air an tábhairt do Thitus araon mu thimchioll a theagaisg agus a chaitheadh-beatha.* 9 *Mu dheasdanas sheirbhiseach, agus mar an ceudna nan uile Chrìosduidh.*

**A** CH labhair thusa na nithe a thig ri teagasg fallain:

2 *Eadhon na daoine aosda<sup>m</sup> bhi aireach, suidhichte<sup>n</sup>, measarra, fallain sa' chreidimh, ann an gràdh, ann am foighidin:*

3 *Mar an ceudna na mnàì aosda bhi 'nan giùlan mar is eubhaidh do naomhachd, gun bhi 'nan luchd tuail-eis, gun bhi trom air fìon, bhi 'nan luchd-teagaisg air nithibh maithes;*

4 *Chum's gu'n teagaisg iad na mnàì òga bhi ciallach, gràdhach air am fearaibh, gràdhach air an cloinn,*

5 *Bhi eagnuidh, geamnuidh, fantuinn aig an tigh, bhi maith, ùmhal d'am fearaibh, chum nach faigh focal Dé mi-chliu.*

6 *Cuir impidh air na daoineibh òga mar an ceudna, iad bhi ciallach.*

7 *Anns na h-uile nithibh 'gad nochdadh féin ann ad eisempleir dheadh oibre: ann an teagasg a' nochdadh neo-thruaillidheachd, suidheachadh inntinn, tréibhdhireis,*

8 *Cáinnt fhallain nach fheudar a dhìtheadh; chum's gu'm bi nàire air an neach a ta 'nar n-aghaidh, a chionn nach 'eil droch ni sam bith aige r'a labhairt umaibh.*

9 *Earailich seirbhisich bhi ùmhal d'am maighstiribh féin, agus an deadh-thoileachadh anns na h-uile nithibh: gun bhi a' labhairt 'nan aghaidh,*

10 *Gun bhì a' ceileachadh aon ni d'an cùid, ach a' nochdadh gach uile dheadh thairisneachd; chum gu'n dean iad teagasg Dhé ar Slànuighir maiseach anns na h-uile nithibh.*

11 *Oir dh'fhoillsicheadh gràs slàinteil Dhé do na h-uile dhaoineibh,*

12 *A' teagasg dhuinn gach mi-dhiadhachd agus anamhianna saoghalta àicheadh, agus ar beatha a chaitheadh gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal so làthair;*

13 *Air dhuinn sùil a bhi againn ris an dòchas bheannuichte sin, eadhon<sup>o</sup> foillseachadh glòire an Dé mhòir, agus ar Slànuighir Iosa Crìosd:*

14 *A thug e féin air ar son, chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha féin sluagh sonraichte, eudmhor mu dheadh oibribh.*

15 *Na nithe so labhair agus earailich, agus cronaich leis an uile ùghdarras. Na deanadh duine sam bith tàir ort.*

## C A I B. III.

1 *Tha Titus air a sheòladh le PX, araon mu thimchioll nan nithe a bhuineadh dha theagasg, agus nach buineadh; 10 is àill leis e chur cùl ri luchd saobh-chreidimh: 12 an déigh so, tha e 'g ainmeachadh dha an t-àm, agus an t-àit anns am b'àill leis e theachd d'a ionnsuidh; agus mar sin a ta e a' crìochnachadh.*

**C**UIR an cuimhne dhoibh bhi ùmhal do uachdaranachdaibh agus do chumhachdaibh, freagarrach do luchd-riaghlaidh, ullamh chum gach uile dheadh oibre,

2 *Gun olc a labhairt mu neach air bith, bhi neo-thusaideach, min, a' taisbeanadh an uile cheannsachd do na h-uile dhaoineibh.*

3 *Oir bha sinne féin uair-eigin ea-céillidh. easumhal, air seacharan, a' deanamh seirbhis do iomadh gnè do anamhiannaibh agus do an-toilibh. a' caitheadh ar beatha ann am mìorun agus am farmad, fuath-thoillteannach, agus a' toirt fuath d'a chéile.*

4 *Ach an uair a dh'fhoillsicheadh caoimhneas agus gràdh Dhé ar Slànuighir do dhaoineibh,*

5 *Cha'n ann o oibribh fireantachd, a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin shaor<sup>P</sup> e sinn tre ionnlad na h-athghineambuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid naoimh:*

6 *A dhòirt e oirne gu saibhir, trid Iosa Crìosd ar Slànuighir;*

7 *Chum air dhuinn bhi air ar fireanachadh trid a ghràis-san, gu'm bitheamaid air ar deanamh 'nar*

n-oighreachaibh a réir dòchais na beatha maireannaich.

8 Is fìor an ràdh so, agus is àill leam thu thoirt dearbh-chinntè air na nithibh sin, chum gu'm biodh iadsan a chreid ann an Dia, cùramach air toiseach a bhi aca ann an deadh oibribh: oir tha na nithe so maith agus tarbhach do dhaoineibh.

9 Ach seachain ceisdean amaid-each, agus sloinnteachd, agus conspoidean, agus connsachadh mu'n lagh: oir tha iad gun tairbhe agus dìomhain.

10 Duine a ta 'na shaobh-chreideach<sup>r</sup>, an déigh na ceud agus an dara comhairle, diùlt:

11 Air do fhios bhi agad gu bheil a leithid sin do dhuine air a chur bun os ceann, agus gu bheil e a' peacachadh, air dha bhi air fhéin-dhèiteadh.

12 'Nuair a chuireas mi Artemas a d' ionnsuidh, no Tichicus, dean dìchioll air teachd a m' ionnsuidh gu Nicopolis: oir is ann an sin a chuir mi romham an geamhradh a chaith-eadh.

13 Thoir Senas am fear-lagha, agus Apollos air an aghaidh san t-slighe gu dùrachdach, chum nach bi ni air bith dh'uireasbhuidh orra.

14 Agus fòghlumadh ar muinntir-ne mar an ceudna deadh oibre a dheanamh gu dùrachdach fa chomhair ghnàthachadh feumail, chum nach bi iad neo-tharbhach.

15 Tha'n droing a ta maille rium uile a' cur fàilte ort. Cuir fàilte orrasan le'n ionmhuinn sinne sa' chreidimh. Gràs maille ribh uile. Amen.

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM PHILEMOIN.

### C A I B. I.

1 Is subhach leis bhi cluinntinn mu chreidimh agus ghràdh Philemoin: 9 air am bheil e 'g iarraidh maith-eanas a thabhairt do Onesimus a sheirbhiseach, agus gabhail ris a rìs gu càirdeil.

**P**OL prìosunach Iosa Criosd, agus Timoteus ar bràthair, chum Philemoin a's ionmhuinn leinn, agus ar comh-shaothraiche,

2 Agus chum Apphia ionmhuinn, agus Archipuis ar comh-shaighdear, agus chum na h-eaglais a ta ann do thigh:

3 Gràs gu robh dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

4 Bheiream buidheachas do m' Dhia, a' sìr-thoirt luadh' ortsa ann am ùnuighibh,

5 Air dhomh bhi cluinntinn mu d' ghràdh, agus chreidimh, a tha agad a thaobh an Tighearna Iosa, agus a thaobh nan uile naomh;

6 Chum gu'm bi comh-chomunn do chreidimh éifeachdach ann an aidmheil an uile mhaith, a tha ann-aibh ann an Iosa Criosd.

7 Oir tha subhachas ro mhòr agus comhfhurtachd againne ann do ghràdhsa, do bhrìgh gu bheil innigh<sup>s</sup> nan naomh air faotainn suaimhneis<sup>t</sup> trid-sa, a bhràthair.

8 Uime sin ge d'fheudainn bhi ro dhàna ann an Criosd, chum an ni a ta ionchuidh àithneadh dhuitse,

9 Gidheadh is fearr leam air son gràidh inpidh chur ort<sup>u</sup>, air bhi dhomh mar Phòl aosda, agus a nis mar an ceudna a'm' phrìosa. ch air son Iosa Criosd.

<sup>r</sup> eiriceach. <sup>s</sup> cridha. <sup>t</sup> fois. <sup>u</sup> guidheadh ort.



10 Guidheam ort air son mo mhic Onesimuis, a ghin mi ann am gheimhlibh :

11 Neach a bha uair-eigin neo-tharbhach dhuitse, ach a nis a tha tarbhach dhuitse agus dhomhsa :

12 Neach a chuir mi air ais : uime sin gabhsa ris mar ri m' innigh féin.

13 Neach bu mhiann leam a chumail maille rium féin, chum gu'n deanadh e frithealadh dhomh ann ad ionadsa, ann an geimhlibh an t-soisgeil.

14 Ach as eugmhais t'inntinnse cha bu toil leam ni sam bith a dheanamh ; chum nach biodh do mhaithse mar gu b'ann a dh'aindeoin, ach o d' thoil féin.

15 Oir theagamh gur ann air a shon so a dh'fhag e thu<sup>a</sup> rè tamuill, chum gu'm faigheadh tu e gu siorraidh ;

16 Cha'n ann a so suas mar sheirbhiseach, ach os ceann seirbhisich, 'na bhràthair gràdhach, gu h-àraid dhomhsa, agus nach mò na sin dhuitse, araon anns an fheadhail, agus anns an Tighearn ?

17 Uime sin ma mheasas tu mise

mar fhear comh-roinne, gabh ris-san mar rium féin.

18 Agus ma rinn e eucoir ort, no ma dhlighas eb ni sam bith dhuit, cuir sin as mo lethse.

19 Scriobh mise Pòl le m' làimh féin e, agus diolaidh mi e : ge nach abram riut, gu'n dlighear leat thu féin os bàrr dhomh.

20 Seadh, a bhràthair, faigheam gairdeachas uait san Tighearn : dean suaimhneach mo chridhe san Tigh-earn.

21 Air dhomh bhi earbsach a d'ùmhlaghd scriobh mi a t'ionnsuidh, oir tha fhios agam gu'n dean thusa mar an ceudna ni's mò na a deiream.

22 Ach maille ri so ulluich mar an ceudna fardoch fa m' chomhair : oir tha dòchas agam, trid bhuir n-ùrnuigh-eansa, gu'n tiubhrar<sup>c</sup> mi dhuibh.

23 Tha Epaphras mo chomh-phriosunach ann an Iosa Criosd,

24 Marcus, Aristarchus, Demas, Lucas, mo chomh-luchd-oibre, a' cur fàilte ort.

25 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd gu robh maille ri'r spioradsa. Amen.

## LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN EABHRUIDHEACH.

### CAIB. I.

1 Tha Criosd a thainig o'n Athair anns na h-àmaibh deireannach so, 4 ni's mò na na h-aingil, faraon thaobh a phearsaidh agus a dhreuchd.

**D**IA, a labhair o sheand gu minic, agus air iomadh dòigh ris na h-aithrichibh leis na fàidhibh,

2 Labhair e anns na làithibh deireannach so ruinne trid a Mhac, a dh'orduich e 'na oighre air na

h-uile nithibh, tre'n do chruthaich e fòs na saoghail.

3 Neach air bhi dha 'na dhealradh a ghlòire-san, agus 'na fhìor ìomhaigh<sup>c</sup> a phearsaidh, agus a' cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd, 'nuair a ghlan e ar peacaidhne do thrìd féin, shuidh e air deas làimh na mòrachd anns na h-àrdaibh :

4 Air dha bli air a dheanamh ni's

<sup>a</sup> a dhealaicheadh e uait. <sup>b</sup> ma tha e am fàchaidh. <sup>c</sup> deònuichear, tiodhlaic ear. <sup>d</sup> anns na h-àmaibh a chaidh seachad. <sup>e</sup> dhealb, riochd.

ro òirdheirce na na h-aingil, mheud gu'n d'fhuair ef mar oighreachd sinm bu ro fhearr na iadsan.

5 Oir cò do na h-aingil ris an dubhairt e uair air bith, Is tu mo Mhacsa, an diugh ghin mi thu? agus a ris, Bithidh mise a'm' Athair dhasan, agus bithidh esan 'na Mhac dhomhsa?

6 Agus a ris, 'nuair a tha e a tabhairt a' cheud-ghin a steach do'n t-saoghal, a deir e, Agus deanadh uile aingil Dé aoradh dha.

7 Agus a thaobh nan aingeal a deir e, Neach a ta deanamh aingle 'nan spioradaibh &, agus a mhinisteir-ean nan lasair theine.

8 Ach ris a Mhac a deir e; Tha do righ-chaithir, a Dhé, gu saoghal nan saoghal; is slat-rìoghail ro chothromach slat do rìoghachd sa:

9 Ghràdhaich thu fireantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd; uime sin dh'ùng Dia, do Dhia-sa, thu le h-oladh aoibhneis os ceann do chompanacha.

10 Agus, Leag thusa, a Tighearn, bunaite na talmhainn air tùs; agus is iad na nèamha oibre do làmh.

11 Teirgidh iadsan, ach mairidh tusa; agus fàsaidh iad uile sean mar eudach;

12 Agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad: ach is tusa an ti ceudna, agus cha'n fhàilnich do bhliadhnan.

13 Ach cò do na ainglibh ris an dubhairt e uair air bith, Suidh air mo dheas-làimh, gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl-chos fuidh d'chos-aibh?

14 Nach spiorada frithealaidh iad uile, air an cur a mach chum frith-ealaidh dhoibhsan a bhios 'nan oighreachaibh air slàinte?

## C A I B. II.

4 Is còir dhuinn bhi ùmhal do Chrìosd, 5 agus sin do bhrìgh gu'n d'aontaich e ar nàdur-ne a ghabhail air fèin, 14 mar a bha sin feumail.

**U**IME sin is còir dhuinn an ro thuilleadh aire a thoirt do na

nithibh a chuala sinn, air eagal uair sam bith gu'n leigeamaid ruith leo.

2 Oir ma bha am focal a labhradh le h-ainglibh seasmhach, agus gu'n d'fhuair gach uile bhriseadh agus easumhlachd dìol-thuarasdal dlìgh-each;

3 Cionnus a théid sinne as, ma nì sinn dìmeas air slàinte co mòr, a thòisich an tùs air bhi air a labhairt leis an Tighearn, agus a rinneadh dearbhta dhuinne leosan a chual e;

4 Air bhi do Dhia a' deanamh comh-fhianuis leo, araon le comhar-aibh agus le h-iongantasaibh, agus le feartaibh eagsamhla, agus le tiodhlacaibh an Spioraid naoinh, a réir a thoile féin?

5 Oir cha do chuir e fuidh cheannsal nan aingeal an saoghail ri teachd, mu'm bheil sinna a labhairt.

6 Ach rinn neach fianuis ann an ionad àraidh, ag ràdh, Cìod e an duine gu'n cuimhnichheadh tu air? no mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e?

7 Rinn thu e rè tamuill bhig nì's isle na na h-aingil; chrùn thu e le glòir agus le h-onoir, agus chuir thu e os cean oibre do làmh.

8 Chuir thu na h-uile nithe sìos fuidh a chosaibh. Oir ann an cur nan uile nithe fuidhe dha, cha d'fhàg e nì air bith gun chur fuidhe. Ach a nis cha 'n'eil sinn a' faicinn nan uile nithe fathast air an cur fuidh a cheannsal.

9 Ach chì sinn Iosa, a rinneadh rè ùine bhig nì b'isle na na h-aingil, chum tre ghràs Dé gu'm blaiseadh e bàs air son gach uile dhuine, tre fhulang a' bhàis air a chrùnadh le glòir agus le h-onoir.

10 Oir b'iomchuidh dhasan, air son am bheil na h-uile nithe, agus tre'm bheil na h-ulle nithe, ann an tabhairt mhòraìn mhac chum glòire, ceannad an slàinte a dheanamh foirfe tre fhulangasaibh.

11 Oir a ta araon an ti a naomhaicheas, agus iadsan a naomhaichear, uile o aon: air an aobhar sin cha nàr leis bràithrean a ghairm diubh,

4 uiread nì's fearr na na h-aingil as a fhuair e. 5 a theachdoirean 'nan gaothaibh. 14 iomadh-ghnètheach.



12 Ag ràdh, Cuiridh mi t-ainm an eòill do m' bhràithribh, ann am meadhon na h-eaglais seinnidh mi cliu dhuit.

13 Agus a rìs, Cuiridh mi mo dhòchas ann. Agus a rìs, Feuch mise, agus a' chlann a thug Dia dhomh.

14 Uime sin, mheud gu bheil aig a' chloinn comh-roinn do fheòil agus do fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin: chum tre'n bhàs gu'n claoidheadh e esan, aig am bheil cumhachd a' bhàis, 'se sin, an diabhol;

15 Agus gu'n saoradh e iadsan a bha trid eagail a' bhàis rè am beatha uile fuidh dhaorsa.

16 Oir gu deimhin cha do ghabh e nàdur nan aingeal air i; ach ghabh e sìol Abraham air.

17 Uime sin b'fheumail da anns na h-uile nithibh bhì air a dheanamh cosmhuil r'a bhràithribh; chum gu'm biodh e 'na àrd shagart trècaireach agus dileas ann an nithibh a thaobh Dhè, chum réite dheanamh air son pheacanna an t-sluaigh:

18 Oir a mheud gu'n d'fhuiling e féin, air dha bhì air a bhuairleadh, is comasach e air cabhair a dheanamh orrasan a ta air am buairleadh.

### C A I B. III.

1 *Is mò Criosd na Maois: 7 uime sin mur creid sinn annsan, bithidh sinn nì's toilleanaich air dioghaltas na Israel cruaidh-chridheach.*

**U**IME sin, a bhràithre naomha, a ta 'nar luchd-comh-pairt do'n ghairm nèamhaidh, thugaibh fainear Iosa Criosd, abstol agus àrd shagart ar n-aidmheil;

2 A bha dileas dhasan a dh'ord-uich e, amhuil a bha Maois mar an ceudna 'na thighsan uile.

3 Oir mheasadh gu'm b'fhiu an *Tì* so glòir bu mhò na Maois, mheud gu bheil tuilleadh urrainn aig an neach a thog an tigh, na aig an tigh féin.

4 Oir tha gach uile thigh air a thogail le aon eigin; ach an tì a thog na h-uile nithe, is e Dia.

5 Agus gu deimhin bha Maois dileas 'na thighsan uile mar sheir-bhiseach, chum fianuis air na nithibh sin a bha gu bhì air an labhairt an déigh sin;

6 Ach Criosd mar Mhac os ceann a thighe féin: agus is sinne a thighsan, ma chumas sinn dànachd, agus gairdeachas an dòchais, gu daingean gus a' chrìoch.

7 Uime sin mar a deir an Spiorad naomha, An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth,

8 Na cruaidhichibh bhur cridhe, mar anns a' bhrosnachadh, ann an latha a' bhuairidh san fhàsach:

9 Far an do bhuair bhur n-aithriche mi, agus a dhearbhadh iad mi, agus a chunnaic iad m'òibre rè dha fhichead bliadhna.

10 Uime sin bha diom orm ris a ghinealach sin, agus thubhairt mi Tha iad a ghnàth air seacharan 'nan cridhe; agus cha do ghabh iad eolas air mo shlighibhse.

11 Ionnas gu'n d'thug mi mo mhionnan a'm fheirg, Nach d'théid iad a steach do m' shuaimhneas.

12 Thugaibh an aire, a bhràithre, air eagal gu'm bì ann an aon neach agaibh droch cridhe mì-chreidimh, anns an Dia bheo a thréigsinn.

13 Ach earaillichibh a chéile gach aon là, am feadh a ghoirear An latha 'n diugh dheth; air eagal gu'n cruaidhichear neach air bith agaibh tre mhealltoireachd a' pheacaidh.

14 Oir rinneadh sinne 'nar luchd-comh-pairt do Chriosd, ma chumas sinn toiseach ar muinghin gu daingean gus a' chrìoch;

15 Am feadh a deirear, An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe, mar anns a' bhrosnachadh.

16 Oir air do dhream àraidh cluinntinn, bhrosnaich iad: ach nì'm b'iadsan uile a thainig a mach as an Eiphit le Maois.

17 Ach cò ris a bha diom air rè dhà fhichead bliadhna, nach ann rìusan a pheacaidh, muinntir a thuit an cluinnean anns an fhàsach?

*i cha do ghabh e greim do na h-aingibh,*

18 Agus cò iad d'an d'thug e a mhionnan nach rachadh iad a steach d'a shuaimhneas<sup>l</sup>, ach dhiobhsan nach do chreid<sup>m</sup>?

19 Mar so chì sinn nach b'urrainn iad dol a steach air son mì chreidimh.

## C A I B. IV.

1 *Tha fois nan Criosduidh air a faghail tre chreidimh.* 12 *Cumhachd focail Dé.* 14 *Trìd ar n-àrd shagairt Iosa Mic Dhé, a bha fuidh thriobloidibh, ach saor o pheacadh,* 16 *is còir dhuinn, agus feudaidh sinn dol gu dàna chum caithir nan gràs.*

**U**IME sin biodh faitcheas<sup>n</sup> oirnn, air eagal air bhi do ghealladh dol a steach d'a shuaimhneas air fhàgail againn, gu'n d'thigeadh aon neach agaibh<sup>o</sup> a dhéidh-làimh air.

2 Oir shearmonaicheadh an soisgeul duinne, amhuil a rinneadh dhiobhsan: ach cha robh tairbhe dhoibh anns an fhocal a chaidh shearmonachadh, do bhrìgh nach robh e air a mheasgadh le creidimh anns an droing a chual e.

3 Oir tha sinne a chreid a' dol a steach do shuaimhneas, amhuil a thubhairt e, Mar a thug mi mo mhionnan a'm' fheirg, Nach d'théid iad a steach do m' shuaimhneas: ge do bha na h-oibre crìochnaichte o thoiseach an t-saoghail.

4 Oir labhair e ann an ionad àraidh mu'n t-seachdamh là air an dòigh so, Agus ghabh Dia fois air an t-seachdamh là o oibribh uile.

5 Agus anns an ionad so a rìs, Nì'n d'théid iad a steach do m' shuaimhneas.

6 Do bhrìgh uime sin gu'n tuigear uaith so gu'n d'théid dream àraidh a steach ann, agus nach deachaidh an dream d'an do shearmonaicheadh e air tùs, a steach air son am mì-chreidimh;

7 A rìs, tha e suidheachadh là àraidh, ag ràdh ann an Diabhidh, An diugh, an déigh aimsir co fhada; mar a deirear, An diugh, ma chluinn-eas sibh a ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe.

8 Oir nam biodh Iosua<sup>p</sup> air toirt suaimeis dhoibh, cha labhradh e an déigh sin mu là eile.

9 Uime sin dh'fhàgadh fois *fa chomhair* sluaigh Dé.

10 Oir an tì a chaidh steach d'a shuaimhneas-san, ghabh esan tàmh o oibribhsan, amhuil a ghabh Dia o oibribh féin.

11 Deanamaid dìchioll uime sin air dol a steach do'n t-suaimhneas sin, air eagal gu'n tuit aon neach a réir eisempleir cheudna a'mhi-chreidimh<sup>r</sup>.

12 Oir tha focal Dé beo agus cumhachdach, agus nì's géire na claidheamh dà-fhaobhair air bith, a' ruigheachd eadhon eum eadar-sgaraidh an anama agus an spioraid, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breth air smuaintibh agus rùnaibh<sup>s</sup> a' chridhe.

13 Agus cha 'n'eil creutair sam bith nach 'eil follaiseach 'na làthair-san: ach a ta na h-uile nithe lònnochd, agus fosgailte do shùilibh an tì d'am feum sinn cunntas a thabhairt<sup>t</sup>.

14 Do bhrìgh uime sin gu bheil againn àrd shagart mòr, a chaidh a steach do na neamhaibh, Iosa Mac Dhé, cumamaid gu daingean ar n-aidmheil.

15 Oir cha 'n'eil àrd shagart againn nach 'eil comasach air comhfhulangas abhi aige r'ar n-anmhuinn-eachdaibh; ach a bhuaireadh sna h-uile nithibh air an dòigh cheudna ruinne, ach as eugmhaìs peacaidh.

16 Thigearmaid uime sin le dànachd gu rìgh-chaitir nan gràs, chum gu faigh sinn tròcair, agus gu'n amais sinn air gràs chum cabhair ann an àm feuma.

## C A I B. V.

1 *Ughdarras agus onoir sagartachd ar Shanuighir:* 11 *mairnealachd 'nan eòlas air a chionnachadh.*

**O**IR tha gach uile àrd shagart, air a thoirt o mheasg dhaoine, air orduchadh air son dhaoine ann an nithibh a thaobh Dhé, chum gu'n teir e suas araon tiodhlacan agus ìobairtean air son pheacanna:

<sup>l</sup> fois. <sup>m</sup> a bha easumhail. <sup>n</sup> eagal. <sup>o</sup> dhinn. <sup>p</sup> Iosa. <sup>r</sup> easumhlachda. <sup>s</sup> breithneachaibh. <sup>t</sup> rìs an bheil ar gnothuchne. <sup>u</sup> gu'm faigh sinn.



e Neach a ta comasach air truas a ghabhail ris an droing a ta aineolach, agus air seacharan; do bhrìgh gu bheil e féin mar an ceudna air a chuartaich le h-anmhuinneachd:

3 Agus air a shon so, is còir dha ìobradh air son peacaidh, mar as leth an t-sluaigh, is amhuil sin as a leth féin mar an ceudna.

4 Agus cha ghabh aon duine an onoir so dha féin, ach an ti a ta air a ghairm o Dhia, mar bha Aaron:

5 Is amhuil sin, cha do ghlòraich Criosd e féin, gu bhi air a dheanamh 'na àrd shagart; ach an ti a thubhairt ris, Is tu mo Mhac, an diugh ghin mi thu.

6 A réir mar a deir e mar an ceudna ann an ionad eile, Is sagart thu gu sìorruidh a réir orduigh<sup>a</sup> Melchisedeic.

7 Neach ann an làithibh fhèola, an déigh dha ùrnuighean agus ath-chuingean, maille ri h-àrd éighich agus deuraibh, ìobradh suas do'n ti a bha comasach air a shaoradh o'n bhàs, agus dh'éisdeadh ris thaobh an ni romh an robh eagal air b.

8 Ge bu Mhac e, dh'fhoghlaim e ùmhlachd o na nithibh a dh'fhuiling e:

9 Agus air dha bhi air a dheanamh foirfe, rinneadh e 'na ùghdar slàinte shìorruidh dhoibhsan uile a bhios ùmhal dha;

10 Air a ghairm le Dia 'na àrd shagart, a réir orduigh Mhelchisedeic.

11 Mu'm bheil mòran againn r'a labhairt, agus cruaidh r'am mìneachadh; do bhrìgh gu bheil sibh mall 'nar n-éisdeachd.

12 Oir, ge d' bu chòir dhuibh a réir na h-aimsir bhi 'nar luchd-teagaisg, tha feum agaibh gu'n teagaisgeadh neach dhuibh a ris ciod iad ceud-thoiseacha bhriathar<sup>c</sup> Dhé; agus tha sibh air teachd chum na h-inbhe sin, gur mò a ta bainne dh'uireasbhuidh oirbh na biadh làidir.

13 Oir gach neach a ta gnàthachadh bainne, tha e neo-theòmadh d' air focal na fìreantachd: oir is naoidhean e.

14 Ach is ann do dhaoineibh foirfe a bhuineas biadh làidir, aig am bheil an ceudfaidh, tre ghnàthachadh fada, air an cleachdadh ri eadar-dhealachadh chur eadar maith agus olc.

### C A I B. VI.

1 Tha e cur impidh orra, gun iad a thuiteam air an ais o'n chreidimh; 11 ach bhi seasmhach, 12 dìchiollach, agus feitheamh gu foighidneach ri Dia, 13 do bhrìgh gu bheil e san ro-fhìor agus cinnteach 'na ghealladh.

UIME sin air fàgail duinn ceud-thoiseacha teagaisg Chriosd, rachamaid air ar n-aghaidh chum foirfeachd; gun bhi ris a' suidheachadh bunaite aithreachais o oiribh marbha, agus creidimh thaobh Dhé,

2 Bunaite teagaisg nam baidhe, agus leagaidh nan làmh, agus aiseirigh nam marbh, agus breitheanas shìorruidh.

3 Agus ni sinn so, ma cheadaicheas Dia.

4 Oir is eucomasach an droing sin a chaidh aon uair a shoillseachadh, agus a bhlaiss an tiodhlac nèamhaidh, agus a rinneadh 'nan luchd-comhairt do'n Spiorad naomh,

5 Agus a bhlaiss deadh fhocal Dé, agus cumbachdan an t-saoghail ri teachd<sup>e</sup>,

6 Agus a thuit air falbh, athnuadhachadh chum aithreachais: do bhrìgh gu bheil iad a' ceusadh Mhic Dhé a ris dhoibh féin, agus 'ga chur gu nàire fhollaisich<sup>f</sup>.

7 Oir an talamh a dh'òlas a steach an t-uisge a tha teachd gu minic air, agus a bheir uaith luibheanna iomchuidh do'n droing leis an saothraichear e, gheibh e beannachadh o Dhia:

8 Ach an talamh sin a bheir uaith droighionn agus drisean, tha e air a chur air cùl, agus fagus do mhallachadh; d'an deireadh bhi air a losgadh.

9 Ach is dearbh leinn nithe a's fearr mu'r timchiollsa, a mhuinntir ionmhuinn, agus nithe a tha dlàth

<sup>a</sup> coslais. <sup>b</sup> thugadh suasgladh dha o eagal. <sup>c</sup> oracla. <sup>d</sup> neo-iùlmhar.  
<sup>e</sup> na linn ri teachd. <sup>f</sup> a' deanamh ball-magaidh dheth.

do shlàinte, ge do tha sinn a' labhairt mar so.

10 Oir cha 'n'eil Dia mi-chothromach, gu'n dì-chuimhnicheadh e obair agus saothair bhur gràidh, a nochd sibh a thaobh ainmesan, am feadh gu'n d'rinn sibh frithealadh do na naomhaibh, agus gu bheil sibh a' frithealadh.

11 Agus is miann leinne gu'n dean gach aon agaibh an dùrachd ceudna a nochdadh, chum làn-dearbhaidh an dòchais gus a' chrìoch:

12 Chum nach bi sibh leasg, ach 'nar luchd-leanmhuinn orrasan, a tha tre chreidimh agus fhoighidin a' sealbhachadh nan geallanna.

13 Oir an uair a thug Dia gealladh do Abraham, do bhrìgh nach feudadh e mionnan a thoirt air neach bu mhò, thug e mionnan air féin.

14 Ag ràdh, Gu fìrinneach, beannuichidh mi gu mòr thu<sup>s</sup>, agus nì mi ro lionmhor thu.

15 Agus mar sin an déigh dhasan feitheamh gu foighidneach, fhuair e sealbh air a' ghealladh.

16 Oir gu deimhin bheir daoine mionnan air an neach a's mò: agus dhoibhsan is crìoch air gach uile chonnasachadh mionnan chum daingneachaidh.

17 Uime sin air bhi do Dhia toileach air neo-chaochluidheachd a chomhairle fheuchainn nì's pailte do oighreachaibh a' ghealladh, dhearbha e le mionnaibh e:

18 Chum tre dhà nì neo-chaochluidheach, anns an robh e eucomasach gu'n deanadh Dia breùg, gu'm biodh againne comhfhurtachd làidir, a theich chum dìdein gu greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn:

19 Nì a tha againn mar acair an anama, aràon cinnteach agus daingean, agus a theid a steach do'n ionad sin a ta'n thaobh stigh do'n bhrat-roinn,

20 Far an deachaidh an roimh-ruith-fhear a steach air ar soinne, eadhon Iosa, a rinneadh 'na àrd-shagart gu sìorruidh a réir orduigh Mhelchisedec.

## C A I B. VII.

1 Is sagart Iosa Criosd a rèir orduigh Mhelchisedec; 11 agus mar sin nì's ro òirdheiree na na sagairt a tha do ordugh Aaroin.

OIR b'e am Melchisedec so rìgh Shaleim, sagart an Dé a's ro àirde, neach a choinnich Abraham a' pilltinn o àr<sup>h</sup> nan rìgh, agus a bheannuich e;

2 D'an d'thug Abraham eadhon deachamh do'n uile: neach a's e air tùs, air na eadar-theangachadh, rìgh na fìreantachd, agus 'na dhéigh sin mar an ceudna, rìgh Shaleim, 'se sin, rìgh na sìth;

3 Gun athair, 'gun mhàthair, gun sinnsireachd, gun toiseach làithean, gun deireadh beatha aige; ach air a dheanamh cosmhuil ri Mac Dhé, tha e fantuinn 'na shagart gu sìorruidh i.

4 A nis thugaibh an aire cia mòr an duine so, d'an d'thug eadhon am prìomh-athair! Abraham an deachamh do'n chreich.

5 Agus gu deimhin iadsan do chloinn Lebhi, a tha faotainn na sagartachd, tha àithne aca deachamh a thogail o'n t-sluagh a réir an lagha, sin r'a ràdh, o'm bràithribh féin, ge do thainig iad a mach a leasraidh Abraham:

6 Ach an tì nach 'eil air a shloinneadh uatha-san, fhuair e deachamh o Abraham, agus bheannuich se esan aig an robh na geallanna.

7 Agus gun agadh sam bith, beannuichear an tì a's lugha leis an tì a's fearr.

8 Agus an so tha daoine a gheibh bàs a' faotainn deachaimh: ach an sin an tì aig am bheil fianuis gu bheil e beo.

9 Agus mar a dh'fheudas mi ràdh, fhuaradh ann an Abraham deachamh o Lebhi féin, a thogas an deachamh:

10 Oir bha e fathast ann an leasraidh athar, an uair a choinnich Melchisedec e.

11 A nis nan d'thigeadh foirfeachd tre shagartachd nan Lebhiteach (oir

8 a' beannachadh beannuichidh mi thu. Gr. h mharbhadh, i a ghnàth, rè a bheatha. 1 àrd-athair.



is ann r'a linn a thugadh an lagh do'n t-sluagh) ciod am feum a bha air sagart eile éirigh a réir orduigh Mhelchisedeic, agus nach biodh e air a ghairm a réir orduigh Araoin?

12 Oir air do'n t-sagartachd bhi air a h-atharrachadh, is éigin an lagh bhi air atharrachadh mar an ceudna.

13 Oir an ti air an labhrar na nithe sin, buinidh e do thréibh eile, do nach d'rinn aon neach frithealadh aig an altair.

14 Oir is soilleir gur ann o Iuda dh'éirich ar Tighearn, treubh air nach do labhair Maois ni air bith thaobh sagartachd.

15 Agus tha e fathast ni's ro-shoilleire, am feadh gu'n d'éirich sagart eile a réir coslais Mhelchisedeic,

16 A' rinneadh 'na shagart, cha'n anna réir lagha àithne fheòlmhoir, ach a réir cumhachd beatha gun chrìoch.

17 Oir tha e deanamh fianuis, Gur sagart thu gach linn a réir orduigh Mhelchisedeic.

18 Oir gu deimhin tha an àithne roimhe air a cur air cùl, air son i bhi amhunn agus neo-tharbhach.

19 Oir cha d'rinn an lagh ni sam bith foirfe, ach rinn toirt a steach dòchais a's fearr e; tre'm bheil sinn a' teachd am fagus do Dhia.

20 Agus a mheid nach d'rinneadh sagart deth gun mhiònnaibh,

21 (Oir rinneadh sagarta dhiubhsan as eugmhais mhiònnan: ach dhethsan le mionnaibh, tre'n ti a thubhairt ris, Mhionnaich an Tighearn, agus cha ghabh e aithreachas, is sagart thu gu siorruidh, a rèir orduigh Mhelchisedeic.)

22 Is co mòr as sin a rinneadh Iosa 'na urras air coimh-cheangal a's fearr.

23 Agus bha gu deimhin mòran diubhsan 'nan sagartaibh, do bhrìgh gu'n do bhacadh dhoibh leis a' bhàs bhi mairtheann.

24 Ach an duine so, do bhrìgh gu mair e gu siorruidh, tha sagartachd neo-chaocluidheach aige.

25 Air an aobhar sin tha e mar an ceudna comasach air an droing a thig

a dh'ionnsuidh Dhé tridsan a shlàn-uchadh gu h-iomlan<sup>n</sup>, do bhrìgh gu bheil e beo gu siorruidh gu eadar-ghuidhe dheanamh air an son.

26 Oir bha shamhuil sin do àrd shagart iomchuidh dhuinne, a bha naomha, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh<sup>o</sup> o pheacach-aibh, agus a rinneadh ni's àirde na na nèamha;

27 Nach feum gach là mar na h-àrd shagairt ud iobairtean thoirt suas, air tús air son a pheacanna féin, agus an déigh sin air son pheacanna an t-sluaigh: oir rinn e so aon uair, san àm a thug se e féin mar iobairt.

28 Oir tha an lagh a' deanamh àrd shagarta do dhaoinibh aig am bheil amhuingeachd; ach focal nam mionnan a bha an déigh an lagha, a' deanamh àrd shagairt do'n Mhac, a tha air a dheanamh iomlan<sup>p</sup> gu siorruidh.

### C A I B. VIII.

1 *Le sagartachd siorruidh Chrìosd tha sagartachd Lebhitheach Araoin air a cur air cùl: 7 agus an coimh-cheangal aimsireil a rinneadh ris na sinnsribh, le coimh-cheangal siorruidh an t-soisgeil.*

**A** NIS is e so suim nan nithe a labhair sinn: Tha shamhuil sin do àrd shagart againn, a tha air suidhe air deis rìgh-chaitheach na mòrachd anns na nèamhaibh;

2 Ministèir nan ionad naomh, agus an fhìor phailluin, a shuidhich an Tighearn, agus cha bu duine.

3 Oir tha gach uile àrd shagart air orduchadh chum tiodhlac an agus iobairtean a thabhairt suas: uime sin b'éigin gu'm biodh aig an duine so mar an ceudna ni-eigin r'a thabhairt suas.

4 Oir nam biodh e air thalamh, cha biodh e 'na shagart, do bhrìgh gu bheil sagairt ann a tha tabhairt suas tiodhlac a réir an lagha:

5 Muinntir a tha deanamh seirbhìs le samhachas agus sgàile nan nithe nèamhaidh, a réir mar a dh'orduich,

<sup>m</sup> tìgnadh. <sup>n</sup> gus a' chuid a's faide, gu siorruidh. <sup>o</sup> air a sgaradh.  
<sup>p</sup> air a choisrigeadh.

eadh do Mhaois le Dia 'nuair a bha e air tì am pàillium a chur suas. Oir feuch (a deir e) gu'n dean thu na h-uile nithe réir an t-saimpleir a nochdadh dhuit san t-sliabh.

6 Ach a nis fhuair e ministreil-eachd a's ro-fhearr, a mheud gu bheil e mar an ceudna 'na eadar-mheadhonair air coimh-cheangal a's fearr, a chaidh dhaingneachadh air geallaibh a's fearr.

7 Oir nam biodh an ceud choimh-cheangal sin gun uireasbhuidh<sup>r</sup>; cha'n iarrtadh àit do'n dara coimh-cheangal.

8 Oir a' faotainn croin doibh, a deir e, Feuch thig na làithean, (a deir an Tighearn,) anns an dean mi coimh-cheangal nuadh ri tigh Israeil, agus ri tigh Iuda:

9 Cha'n ann a réir a' choimh-cheangail a rinn mi r'an aithrichibh anns an là a rug mi air làimh orra chum an treòrachadh a mach a talamh na h-Eiphit; do bhrìgh nach d'fhan iad ann am choimh-cheangal, agus chuir mise suarach iadsan, a deir an Tighearn.

10 Oir is e so an coimh-cheangal a ni mi ri tigh Israeil an déigh nan là ud, a deir an Tighearn; Cuiridh mi mo reachda 'nan inntinn, agus scriobhaidh mi iad air an cridhibh: agus bithidh mi a'm' Dhia dhoibh, agus bithidh iadsan 'nan sluagh dhomhsa.

11 Agus cha teagaisg iad gach aon a choimhearsnach, agus gach aon a bhràthair, ag ràdh, Gabh eòlas air an Tighearn: oir bithidh eòlas aca uile orm, o'n neach a's lugha gus an neach a's mò dhiubh.

12 Oir bithidh mise tròcaireach d'an euceartaibh, agus am peacanna agus an aingidheachd cha chuimhnich mi ni's mò.

13 Am feadh a deir e, *Coimh-cheangal nuadh*, rinn e'n ceud *choimh-cheangal* sean. A nis an ni a ta aosda agus air fàs sean, tha e fagus do dhol as an t-sealladh.

## C A I B. IX.

1 Tha e mìneachadh nan ìobairt fuidh'n lagh, agus gach gnàthach-

*aidh a bha nan cuideachd; 11 tha iad gu mòr thaobh feobhais goitrid air fuil agus ìobairt Chrìosd.*

**B**HA ma seadh gu dearbh aig a' cheud phàillium orduighean<sup>t</sup> a thaobh seirbhis Dé, agus naomh-ionad saoghailta.

2 Oir dheasaicheadh an ceud phàillium, anns an robh an coinnleir, agus am bord, agus aran na fianuis ris an abrar an t-ionad naomha.

3 Agus an taobh a stigh do'n dara roinn-bhrat, am pàillium d'an goirear an t-ionad a's ro naomha:

4 Anns an robh an tùiseir òir, agus àire a' choimh-cheangail air a còmbdachadh<sup>t</sup> mu'n cuairt le h-òr, anns an robh a' phoit òir anns an robh am mana, agus slat Aaroin a bha fuidh bhlàth, agus clàir a' choimh-cheangail;

5 Agus os a ceann, cheruban na glòire, a' cur sgàile air caithir na tròcair; mu nach urradh sinn a nis labhairt fa leth.

6 A nis an uair a bha na nithe so air an cur an ordugh mar so, chaidh na sagairt a ghnàth a steach do'n cheud phàillium, a' coimhlionadh seirbhis Dé:

7 Ach do'n dara phàillium chaidh an t-àrd shagart 'na aonar a steach aon uair sa' bhliadhna, cha b'ann as eugmhais fola, a thug e suas air a shon féin, agus air son seacharain an t-sluaigh.

8 Air bhi do'n Spiorad naomh a' nochdadh so, nach robh fathast an t-slighe chum an ionaid bu ro-naomha air a foillseachadh, am feadh a bha an ceud phàillium fathast 'na sheasamh:

9 Ni a bha 'na shamhladh do'n aimsir a ta làthair, anns an robh ar-aon tiòdhlaean agus ìobairtean air an toirt suas, nach robh comasach air an tì a bha deanamh na seirbhis sin a dheanamh coimhlionta, thaobh a choguis,

10 An t-seirbhis a bha mhàin ann am biadhaibh agus ann an deoch-aibh, agus ann an iomadh gnè ionnlaid, agus deas-ghnàthachaibh a thaobh na feòla a chuireadh mar uallaich orra gu àm an leasachaidh.



11 Ach air teachd do Chrìosd 'na àrd shagart nan nithe maithe a bha ri teachd, tre phàillun bu mhò agus bu dìongmhalta, nach d'rinneadh le làmhaidh, sin r'a ràdh, nach robh do'n togail so ;

12 Agus cha b'ann tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre fhuil féin a chaidh e steach aon uair do'n ionad naomha, air dha saorsa shìorruidh fhaotainn dhuinne.

13 Oir ma nì fuil tharbh, agus ghabhar, agus luaithre aighe air a crathadh air an droing a bha neo-ghlan, an naomhachadh chum glanaidh na feòla ;

14 Cia mòr is mò nì fuil Chrìosd, a thug e féin suas tre'n Spioraid shìorruidh<sup>u</sup> gun lochd do Dhia, bhur coguis-se ghlanadh o oibribh marbha chum seirbhis a dheanamh do'n Dia bheo ?

15 Agus air a shon so is esan eadar-mheadhonair an tiomnaidh nuaidh<sup>a</sup>, ionnas tre fhulangas a' bhàis, chum saorsab nan euceart a bha fuidh'n cheud tiomnadh a chosnadh, gu'm faigheadh iadsan a ta air an gairm gealladh na h-oighreachd shìorruidh.

16 Oir far am bheil tiomnadh, is éigin bàs an tiomnaidh-fhir a bhi ann mar an ceudna.

17 Oir a ta tiomnadh daingean an déigh bàis dhaoine: ach cha 'n'eil brìgh sam bith ann am feadh 's a ta'n tiomnaidh-fhear beo.

18 A réir sin, nì mò bha'n ceud tiomnadh air a choisreagadh<sup>c</sup> as eugmhais fola.

19 Oir an uair a labhradh gach uile àithne réir an lagha ris an t-sluagh uile le Maois, air da fuil laogh agus ghabhar a ghabhail, maille ri h-uisge, agus oluinn scarlaid<sup>d</sup>, agus hisop, chrath e iad araon air an leabhar agus air an t-sluagh uile,

20 Ag ràdh, 'Sì so fuil an tiomnaidh<sup>e</sup> a dh'àithn Dia dhuibh.

21 Os bàrr, chrath e mar an ceudna an fhuil air a' phàillun, agus air soithichibh na naomh-sheirbhis uile.

22 Agus is beag nach 'eil na h-uile

nithe air an glanadh le fuil a réir an lagha; agus as eugmhais dòrtaidh fola cha 'n'eil maitheanas r'a fhaotainn.

23 B'fheumail uime sin gu'n biodh samhlaidh nan nithe a ta sna nèamhaibh air an glanadh leo so; ach na nithe nèamhaidh féin le iobairtibh a b'fhearr na iad so:

24 Oir cha deachaidh Chrìosd a steach do na h-ionadaibh naomha làmh-dheanta, nithe a's iad samh-lachais nam fìor ionad; ach do nèamh féin, chum a nis e féin a nochdadh ann am fianuis Dé air ar soinne:

25 No fòs chum e féin iobradh gu minic, mar a théid an t-àrd shagart gach bliadhna steach do'n ionad naomha, le fuil nach leis féin.

26 (Oir mar sin b'fheumail e dh'fhulang gu minic o thoiseach an t-saoghail;) ach a nis dh'fhoillsicheadh e aon uair ann an deireadh an t-saoghail<sup>f</sup>, chum peacadh a chur air cùl trid e féin iobradh.

27 Agus amhuil a ta e air orduchadh do dhaoineibh bàs fhaotainn aon uair, ach 'na dhéigh so breitheanas:

28 Mar sin thugadh Chrìosd suas aon uair a thoirt air falbh peacaidh mhòrain, ach an dara uair as eugmhais peacaidh foillsichear e dhoibhsan aig am bheil sùil ris, chum slàinte.

### C A I B. X.

1 Anmhuinneachd iobairtean an lagha.

10 Thug iobairt cuirp Chrìosd a thugadh suas aon uair peacadh gu sìorruidh air falbh. 19 Earail chum an creidimh a ghleidheadh gu daingean, le foighidìn agus buidheachas.

**U**IME sin air bhi aig an lagh sgàile nithe maithe ri teachd, agus cha'n e fìor-dhealbhan nan nithe féin, nì'n comasach dha an droing a thig d'a ionnsuidh a choidhich a dheanamh coimhlionta, leis na h-iobairtibh sin a bha iad a' toirt suas o bhliadhna gu bliadhna a ghnàth.

2 Oir an sin nach sguireadh iad do bhi 'gan toirt suas? do bhrìgh nach biodh aig luchd deanamh na naomh-sheirbhis tuilleadh coguis air

<sup>u</sup> tre'n spiorad naomh. <sup>a</sup> a' choimh-cheangail nuaidh. <sup>b</sup> fuasglaidh. <sup>c</sup> air a dhàingneachadh. <sup>d</sup> corcuir. <sup>e</sup> a' choimh-cheangail. <sup>f</sup> nan linn.

bith peacaidh, air dhoibh bhi aon uair air an glanadh.

5 Ach anns na *h-ìobairtibh* sin *nìthear* ath-chuimhneachadh air na peacaidh gach bliadhna.

4 Oir cha 'n'eil e'n comas gu tugadh fuil tharbh agus ghabhar peacanna air falbh.

5 Uime sin ag teachd dha do'n t-saoghal, a deir e, Iobairt agus tabhartas ni'm b'aill leat, ach dh'ulluich thu corp dhomhsa :

6 Ann an ìobairtibh loisgte, agus ann an ìobairtibh air son peacaidh cha robh tlachd agad :

7 An sin thubhairt mise, Feuch, tha mi a' teachd (ann an rola an leabhair tha sud scriobhta orm)chum do thoilse a dheanamh, O Dhé.

8 Air dha a ràdh roimhe sin, Iobairt, agus tabhartas, agus ìobairte-loisgte, agus ìobairt air son peacaidh ni'm b'aill leat, agus ni robh do thlachd anna (a tha air an toirt suas a réir an lagha.)

9 An sin thubhairt e, Feuch, ataim a' teachd a dheanamh do thoilse, O Dhé. Tha e cur air cùl a' cheud ni, chum gu'n daingnich e an dara ni.

10 Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh, trid toirt suas cuirp Iosa Criosd aon uair.

11 Agus tha gach uile shagart a' seasamh gach là, a' frithealadh agus a' toirt suas nan ìobairt cheudna gu minic, nithe do nach 'eil e'n comas a choidhch peacanna thoirt air falbh :

12 Ach an duine so, an déigh dha aon ìobairt a thoirt suas air son peacaidh, shuidh e a choidhch tuilleadh air deas làimh Dhé ;

13 A' feitheamh o sin suas gus an cuirear a naimhde 'nan stòl-chos fuidh chosaibh.

14 Oir le aon ìobairt rinn e choidhch foirfe iadsan a ta air an naomhachadh.

15 Agus tha an Spiorad naomh mar an ceudna a' deanamh fianuis duinne air na *nithibh* so : oir an déigh dha ràdh roimhe,

16 Is e so an coimh-cheangal a ni mi riu 'n déigh nan là ud, deir an Tighearn, Cuiridh mi mo reachdan

'nan cridhe, agus scrìobhaidh mi iad air an inntiun :

17 [A deir e] agus am peacanna agus an eucearta cha chuimhnich mi ni's mò.

18 A nis, far am bheil maitheanas nan nithe so, cha 'n'eil tabhartas<sup>s</sup> air son peacaidh ann ni's mò.

19 Uime sin, a bhràithre, do bhrìgh gu bheil dànachd againn chum dol a steach do'n ionad a's naomha tre fhuil Iosa,

20 Air slighe nuaidh agus bheo a choisrig e dhuinne, tre'n roinn-bhrat, sin r'a ràdh, tre fheòil féin.

21 Agus do bhrìgh gu bheil againn àrd shagart os ceam tighe Dhé,

22 Thigeamaid am fagus le cridhe fìor, ann an làn dearbh-beachd a' chreidimh, le'r cridheachaibh air an crath-ghlanadh o dhroch coguis, agus le'r cuirp air an nigheadh le h-uisge glan.

23 Cumamaid gu daingean aidmheil ar dòchais gun chlaonadh, (oir is fìrinneach an ti a gheall.)

24 Agus thugamaid an aire d'a chéile chum ar brosnachadh gu gràdh, agus deagh oibribh :

25 Gun bhi leigeadh dhinn sinn féin a chruinneachadh an ceann a chéile, mar is gnàth le dream àraidh ; ach a' comhairleachadh *chéile* : agus gu ma mòid *a nì sinn* so, gu bheil sibh a' faicinn an là a' tarruing am fagus.

26 Oir ma pheacaicheas sinn d'ar toil féin an déigh dhuinn eòlas na fìrinn fhaotainn, cha'n fhàgar tuilleadh dhuinn ìobairt air son peacaidh,

27 Ach dùil eagalach ri breitheanas, agus fearg theinnteach, a sgriosas na h-eascairdean.

28 An ti a rinn tàir air lagh Mhaois, bhàsaich e gun trècàir, fuidh dhithis no thruir a dh'fhianuisibh :

29 Cia mòr is measa na sin am peanas a shaoileas sibh air am measar esan toillteanach, a shaltair fuidh chosaibh Mac Dhé, agus a mheas mar ni mi-naomha fuil a' choimh-cheangail, leis an do naomhaicheadh e, agus a rinn tarcuais air Spiorad nan gràs ?

30 Oir is aithne dhuinn an ti a thubhairt, *Is leamsa an dioghaltas,*



agus bheir mi dìoladh uam, deir an Tighearn: agus a ris, Bheir an Tighearn breth air a shluagh.

31 Is nì eagalach tuiteam ann an làmhaidh an Dé bheo.

32 Ach biodh ath-chuimhne agaibh air na làithibh a chaidh seachad, anns an d'fhuiling sibh, an déigh dhuibh bhi air bhuir soillseachadh, gleachda mòr fulangais<sup>h</sup>;

33 Ann an cuid am feadh a rinn-eadh sibh 'nar ball-amhàirci, araon tre mhaslaibh agus thrioblaidibh; agus ann an cuid, am feadh a rinneadh sibh 'nar companaich dhoibhsan ris an do bhuineadh mar sin.

34 Oir bha comh-fhulangas agaibh riumsa ann am gheimhlibh, agus ghabh sibh le luathghair ri creachadh bhuir maoin, air dhuibh fios a bhi agaibh annaibh féin gu bheil agaibh air nèamh maoin a's fearr agus a ta maireannach.

35 Uime sin na tilgibh uaibh bhuir muinghin, aig am bheil mòr dhiol-thuarasdal.

36 Oir a ta feum agaibh air foighidín; chum an déigh dhuibh toil Dé a dheanamh, gu'm faigh sibh an gealladh.

37 Oir fathast sealan beag, agus an ti a ta ri teachd thig e, agus cha dean e moille.

38 A nis bithidh am firean beo tre chreidimh: ach ma philleas e air ais, cha bhi aig m'aramsa tlachd ann.

39 Ach cha 'n'èil sinne do'n dream sin a philleas air an ais chum sgrios; ach do'n dream a chreideas, chum slànuchaidh an anama.

### C A I B. XI.

1 Cìod is creidimh ann. 6 As eugmhaìs creidimh cha 'n'èil e'n comas duinn toil Dé a dheanamh: 7 deadh thoradh a' ghràis sin anns na h-athrichibh o shean.

**A** NIS is e bheiligh brìgh nan nithe ri'm bheil dòchas, dearbhadh nan nithe nach faicear.

2 Oir is ann trid so a fhuair na sinnsir deadh theisteachas.

3 Tre chreidimh tha sinn a' tuig-

sinn gu'n do chruthaichheadh na saoghail tre fhocal Dé, air chor as nach d'rinneadh na nithe a chithear do nithibh a bha r'am faicinn.

4 Tre chreidimh thug Abel suas do Dhia ìobairt nì b'fhearr na Cain, trid an d'thugadh teisteachas dha gu'n robh e 'na fhìrean; air bhi do Dhia a' deanamh fianuis d'a thiodhlacaibh: agus tre sin, air dha bhi marbh, tha e fathast a' labhairt.

5 Tre chreidimh dh'atharraich-eadh Enoch chum nach faiceadh e bàs; agus cha d'fhuaradh e, do bhrìgh gu'n d'atharraich Dia e: oir roimh atharrachadh thugadh fianuis da, Gu'n do thaitinn e ri Dia.

6 Ach as eugmhaìs creidimh cha 'n'èil e'n comas a thoileachadh: oir is éigin do'n ti a thig a dh'ionnsuidh Dhé a chreidsinn gu bheil e ann, agus gur neach e a bheir duais do'n droing a dh'iarras e gu dìchiollach.

7 Tre chreidimh air do Noe rabhadh fhaotainn o Dhia mu thimchioll nithe nach robh idir r'am faicinn, agus eagal a ghabhail, dh'ulluich e àirc chum tearnaidh a theaghlaich; tre'n do dhìt e an saoghal, agus rinneadh e 'na oighre air an fhìreantachd a ta thaobh creidimh.

8 Tre chreidimh, 'nuair a ghairm-eadh Abraham gu dol a mach do ionad a bha e gus fhaotainn an déigh sin mar oighreachd, fhreagair e; agus dh'imich e mach gun fhios a bhi aige c'ait an robh e dol.

9 Tre chreidimh bha e air chuairt ann an tìr a' gheallaidh, mar ann an tìr choimhich, a' gabhail còmhnuidh ann am pàillunaibh maille ri h-Isaac agus Iacob, comh-oighreachan a' gheallaidh cheudna.

10 Oir bha suil aige ri baile le bunaitibh air am bheil Dia 'na fhear-dealbhaidh agus 'na fhear-togail.

11 Tre chreidimh mar an ceudna fhuair Sara féin neart gu sìochd a ghabhail 'na broinn, agus rug i leanabh an déigh dh'i dol thar aois cloinne, do bhrìgh gu'n do mheas i gu'n robh esan fìrinneach a thug an gealladh.

12 Uime sin ghineadh o aon a mhàin, agus esan ionann agus marbh,

sliochd mar reulta nèimhe thaobh lìonmhoireachd, agus mār a' ghain-eamh air tràigh na fairge do-àir-eamh.

13 Fhuair iad so uilè bàs ann an creidimh, gun na geallanna<sup>l</sup> fhaotainn, ach air dhoibh am faicinn fad o làimh, (agus an creidsinn,) ghabh iad riu, agus dh'aidich iad gu'm bu choigrich agus luchd-cuairt air an talamh iad féin.

14 Oir an droing a deir na nithe sin, tha iad a' nochdadh gu soilleir gu bheil iad ag iarraidh dùthcha.

15 Agus gu fìrinneach nam biodh iad cuimhneachail air an dùthaich sin, as an d'thainig iad a mach, dh'fheudadh iad àm iomchuidh fhaghail air pilleadh:

16 Ach a nis tha déidh aca air dùthaich a's fearr, eadhon dùthaich nèamhaidh: uime sin cha nàr le Dia, gu'n goirear an Dia-san dheth: oir dh'ulluich e dhoibh baile.

17 Tre chreidimh dh'lobair Abraham, air dha bhi air a dhearbhadh, a mhac Isaac; agus thug an ti a fhuair na geallanna suas aonghin mhic:

18 Ris an dubhradh<sup>m</sup>, Ann an Isaac goirear do shliochd:

19 A' breithneachadh<sup>n</sup> gu'm bu chomasach Dia air a thogail eadhon o na marbhaibh; o'n d'fhuair se e eadhon ann an cosamhlachd.

20 Tre chreidimh bheannuich Isaac Jacob agus Esau mu thimchioll nithe a bha ri teachd.

21 Tre chreidimh bheannuich Jacob, ag faghail bàis da, dithis mhac Ioseiph; agus rinn e aoradh, a' leigeadh a chudthrom air bàrr a bhataidh.

22 Tre chreidimh rinn Ioseiph, ri àm faghail a' bhàis da, iomradh air dol a mach chloinn Israeil; agus thug e àithne mu thimchioll a chnamh.

23 Tre chreidimh an uair a rugadh Maois, dh'fholaicheadh e trì mìosan le phàrantaibh, do bhrìgh gu'm faciad gu'm bu leanabh tlachdmhor e; agus cha robh eagal orra roimh àithne an rìgh.

24 Tre chreidimh air teachd gu h-aois do Mhaois, dhiùlt e bhi air a ghairm 'na mhac do nighinn Pharaoh;

25 A' ròghnachadh àmhghar fhulang maraon ri sluagh Dhé, roimh shòlas a' pheacaidh a mbealtuinn rè seal;

26 A' meas gu'm bu mhò an saibhreas masladh Chriosd na ionmhuis na h-Eiphit: oir bha sùil aige ris an luach-saoithreach<sup>o</sup>.

27 Tre chreidimh thréig e'n Eiphit, gun eagal a bhi air roimh chorr-uich an rìgh: oir bha e làidir 'na inntinn mar neach a bha faicinn an ti a ta neo-fhaicisinneach.

28 Tre chreidimh ghlèidh e chàisg, agus an dòrtadh fola, chum nach beanadh an ti a sgrios na ceud-ghin rìusan.

29 Tre chreidimh chaidh iad trid na mara ruaidh mar tre thalamh tioram: ni 'nuair a thug na h-Eiphitich ionnsuidh air a dheanamh, bhàthadh iad.

30 Tre chreidimh thuit ballacha Iericho, an déigh bhi air an cuartachadh rè sheachd làithean.

31 Is ann tre chreidimh nach do sgriosadh Rahab an strìopach maraon rìusan nach do chreid, 'nuair a ghabh i ris an luchd-brathaidh an sìothchaint.

32 Agus ciod tuilleadh a deiream? oir theirgeadh an ùine dhomh ann an labhairt mu Ghedeon, Bharac agus Shampson, agus Iephthae, Dhaibhidh mar an ceudna agus Shamuel, agus na fàidhibh:

33 Muinntir tre chreidimh a cheannsaich rioghachdan, a dh'oibrich fìreantachd, a fhuair geallanna, a dhruid beoil leòmhnan,

34 A mhùch neart teine, a chaidh as o fhaobhar a' chlàidheimh, o an-mhuinneachd a rinneadh neartmhor, a dh'fhàs treun ann an cath, a chuir air theicheadh armaite nan coimheach.

35 Fhuair mnàì am mairbh air an togail a ris gu beatha: agus chràidh-phianadh dream eile, gun iad a

<sup>l</sup> na nithe a ghealladh. <sup>m</sup> Mu'n dubhradh. <sup>n</sup> a' reusonachadh, a' meas.  
<sup>o</sup> duais.



ghabhail ri saorsa; chum gu faigheadh iad aiseirigh a b'fhearr.

36 Fhuair dream eile feuchainn do fhanoidibh, agus do sgiùrsaibh, seadh fòs, do gheimhlibh agus do phriosun.

57 Chlachadh iad, shàbhadh as a chèile iad, bhuaireadh iad, chuireadh gu bàs leis a' chlaidheamh iad: chaidh iad 'nam fògàraich mu'n cuairt ann an croicnibh chaorach agus ghabhar, ann an uireasbhuidh, ann an trioblaidibh, ann an cràdh:

38 (Dream air nach b'airidh an saoghal) a' dol air seacharan ann am fàsaichibh, agus air sleibhtibh, agus ann an uamhaibh agus ann an slochdaibh na talmhainn.

39 Agus air dhoibh so uile deadh theisteachas fhaotainn tre chreidimh, cha d'fhuair iad an gealladh:

40 Air do Dhia ni éigin a's fearr a sholar dhuinne, ionnas nach biodh iadsan air an deanamh foirfe as ar n-eugmhaisne.

### C A I B. XII.

1 Earail chum bhi bunaiteach ann an creidimh, foighidin, agus diadhachd. 32 Moladh an Tiomnaidh-nuaidh os ceann an t-seann-tiomnaidh.

**U**IME sin, air dhuinne bhi air ar cuartachadh le neul co mòr a dh'fhianuisibh, cuireamaid dhinn gach lethtrom, agus am peacadh a ta gu furas ag iadhadh umainn, agus ruitheamaid le foigidin a' choimhliong<sup>p</sup> a chuireadh romhainn,

2 Ag amharc air Iosa ceannard<sup>r</sup> agus fear-crochnaich ar creidimh, neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh'fhuiling an crann-ceusaidh, a' cur na nàire an neo-shuim, agus a shuidh air deis righ-chaitreach Dé.

3 Uime sin thugaibh fàinear esan a dh'fhuiling a shamhuil sin do anacaint o pheacachaibh 'na aghaidh féin, air eagal gum bi sibh sgìth agus lag ann bhur n-inntinnibh.

4 Cha do sheas sibh fathast gu

fuil, a' cathachadh an aghaidh peacaidh.

5 Agus dhi-chuimhnich<sup>s</sup> sibh an earail a ta labhairt ribh mar ri cloinn, A mhic, na cuir suarach<sup>t</sup> smachdachadh an Tighearna, agus na fannaich<sup>u</sup> 'nuair a chronaichear leis thu:

6 Oir an ti a's ionmhuinn leis an Tighearn, smachduichidh se e, agus sgiùrsaidh e gach mac ris an gabh e.

7 Ma ghiùlaineas sibh smachdachadh, tha Dia a' buntuinn ribh mar ri cloinn: oir cò am mac nach smachdaich an t-Athair?

8 Ach ma tha sibh as eugmhais smachdachaidh, d'am bheil na h-uile 'nan luchd-comh-pairt, an sin is clann diolain sibh, agus cha chlann dligheach.

9 Os bàrr, bha againn aithriche thaobh na feòla, a smachdaich sinn, agus thug sinn urram dhoibh: nach mòr is mò is còir dhuinn bhi ùmhal do Athair nan spiorad, agus a bhi beo?

10 Oir gu deimhin smachduich iadsan sinn rè beagain do làithibh a réir an toile féin<sup>a</sup>; ach esan chum ar leasa, ionnas gu'm bitheamaid 'nar luchd-comh-pairt d'a naomhachd.

11 Ach cha mheasar smachdachadh air bith am feadh 's a ta e làth-air sòlasach, ach doilgheasach: gidheadh, 'na dhéigh sin bheir e uaithe toradh sìothchail na fìreantachd, do'n droing a ta gu dligheach air an cleachdadh ris.

12 Uime sin, togaibh suas na làmhnan a ta air tuiteam sìos, agus neartaichibh na glùine laga.

13 Agus deanaibh cos-cheuma dìreach d'ar cosaibh, air eagal gu'm bi an ni sin a ta bacach air a thionndadh as an t-slighe, ach gu ma mò bhiodh e air a shlanuchadh.

14 Leanaibh sìth maille ris na h-uile dhaoinibh, agus naomhachd, ni as eugmhais nach faic neach air bith an Tighearn:

15 A' toirt an ro-aire, air eagal gu'n d'thig neach sam bith a dhéidh-làimh air gràs Dé<sup>b</sup>; air eagal air

<sup>p</sup> an réis. <sup>r</sup> ùghdair.

<sup>u</sup> lagaich.

<sup>s</sup> an do dhi-chuimhnich.

<sup>a</sup> mar bu taitneach leo.

<sup>b</sup> gu'n claon neach sam bith o ghràs Dé.

<sup>t</sup> an neo-shuim, an

neò-pris.

fàs suas do fhrèimh seirbhe sam bith, gu'n cuir e dragh oirbh, agus le so gu'm bi mòran air an salachadh :

16 Air eagal gu'm bi fear strìopachais ann, no neach mì-naomha sam bith, mar Esau, a reic air son aon ghreim bìdh<sup>c</sup> còir a cheud-bhreithe.

17 Oir a ta fhios agaibh 'nuair a b'àill leis an déigh sin am beannachadh a shealbhachadh, gu'n do dhiùltadh e: oir cha d'fhuair e àit aithreachais, ge do dh'iarr se e gu dùrachdach le deuraibh.

18 Oir cha d'thainig sibh chum an t-sleibh ris am feudta beantuinn, agus a bha losgadh le teine, no chum duibhre, agus dorchadais, agus doinn,

19 Agus fuaim na trompaide, agus guth nam briathar, ionnas gu'n do ghuidh an droing a chual e nach labhairteadh am focal riu tuilleadh :

20 (Oir cha b'urrainn iad an ni sin a chaidh àithneadh dhoibh iomchar, Agus ma bheanas fiu ainmhidh ris an t-sliabh, clachar e, no cuirear sleagh a mach trìd.

21 Agus bu co uamhasach an sealladh, as gu'n dubhairt Maois, Tha eagal ro mhòr agus crith orm:)

22 Ach tha sibh air teachd gu sliabh Shioin, agus gu cathair an Dé bheo, an Ierusalem nèmhaidh, agus cuideachd do-àireamh do ainglibh,

23 Gu làn choimhthional agus eaglais nan ceud-ghin, a tha scriobhta sna nèmhaidh, agus gu Dia breitheamh nan uile, agus gu spioradaibh nam fìrean air an deanamh foirfe,

24 Agus gu h-Iosa eadar-mheadhonair a' choimh-cheangail nuaidh, agus chum fola a' chrathaidh, a tha labhairt nithe a's fearr na fuil Abeil.

25 Thugaibh an aire nach diùlt sibh esan a ta labhairt: oir mur deachaidh iadsan as a dhiùlt an ti a labhair o *Dhia riu* air talamh, is mòr is lugha na sin a *théid sinne as*, ma thionndaidheas sinn air falbh uaithe-san a ta labhairt o nèamh.

26 Neach aig an do chrath a ghuth an talamh an sin: ach a nis gheall e, ag ràdh, Aon uair eile fathast crath-

am cha'n e an talamh a mhàin, ach nèamh mar an ceudna.

27 Agus a ta am focal<sup>a</sup> so, Aon uair eile, a' ciallachadh atharrachaidh nan nithe sin a chrathar, mar nithe a rinn-eadh, chum gu fanadh na nithe nach gabh crathadh<sup>d</sup>.

28 Uime sin air dhuinne rioghachd fhaotainn nach feudar a ghluasad, biodh againn gràs<sup>e</sup>, leis an dean sinn seirbhis gu taitneach do Dhia, le h-urram agus eagal diadhaidh.

29 Oir is teine dian-loisgeach ar Dia-ne.

## C A I B. XIII.

- 1 Comhairlean eagsamhla chum seirc,
- 4 chum caitheadh-beatha chiatfaich,
- 5 chum sannt a sheachnadh, 7 chum bhi dleasdhanach do luchd-searmonachaidh an t-soisgeil, 9 bhi air ar faicill o theagaisgaibh coimheach,
- 16 déirce thoirt uatha, 17 bhi ùmhal do uachdaranaibh, 18 ùrnuigh a dheanamh air sou an abstoil.
- 19 An comh-dhùnadh.

**F**ANADH gràdh bràthaireil agaibh.

2 Na dearmadaibh aoidheachd a thabhairt do choigrich; oir leis a so thug dream àraidh aoidheachd do ainglibh gun fhios doibh.

3 Bithibh cuimhneachail orrasan a tha ceangailte, mar gu'm biodh sibh ceangailte maraon riu; agus air an droing a tha fulang anshocair, mar mhuinntir a tha sibh féin mar an ceudna anns a' choluinn.

4 Tha'm pòsadh urramach anns na h-uile f, agus an leabadh neo-shalach: ach air luchd-strìopachais agus adhaltrannais bheir Dia breth.

5 Biodh bhur caitheadh-beatha gun sannt; agus bithibh toilichte leis na nithibh a tha làthair agaibh: oir thubhairt e, Cha'n fhàg, agus cha tréig mi am feasd thu.

6 Ionnas gu'm feud sinn a ràdh gu dàna, 'S e'n Tighearn m'fhear-cuidich, agus cha'n eagal leam aon ni a dh'fheudas duine dheanamh orm.

7 Bithibh cuimhneachail air bhur cinn-iuil, a labhair ribh focal Dé:

<sup>c</sup> lōin. <sup>d</sup> nach feudar a chrathadh. <sup>e</sup> deanamaid greim do ghràs.

<sup>f</sup> am measg nan uile.



leanaibh an creidimhsan, a' beachdachadh air crìch an caitheadh-beatha.

8 Iosa Crìosd an dé, agus an diugh, agus gu sìorruidh an ti ceudna.

9 Na bithibh air bhur giùlan mu'n cuairt le teagasgaibh eagsamhla coimheacha: oir is maith an nì an crìdhe bhi air a dhaingneachadh le gràs, cha'n ann le biadhaibh, nithe nach d'thug tairbhe do'n droing a ghnàthaich iad.

10 Tha altair againne dheth nach 'eil còir acasan a bheag itheadh, a tha deanamh seirbhis do'n phàillìun.

11 Oir a ta cuirp nan ainmibh sin, aig am bheil am fuil air a toirt a steach air son peacaidh do'n ionad naomha leis an àrd shagart, air an losgadh an leth muigh do'n champ.

12 Uime sin chum gu'n deanadh Iosa an sluagh a naombachadh le fhuil féin, dh'fhuiling e mar an ceudna an taobh a muigh do'n gheata.

13 Air an aobhar sin rachamaid a mach d'a ionnsuidhsan an taobh a muigh do'n champ, a' giùlan a' mhas-laidhsan

14 Oir an so cha 'n'eil againn baile a mhaireas, ach a ta sinn ag iarraidh aoin a ta ri teachd.

15 Uime sin trìdsan thugamaid suas lobairt buidheachais do Dhia a ghnàth, 'se sin, toradh ar bilean, a' toirt molaidh d'a ainm.

16 Ach na dì-chuimhnichibh maith a dheanamh, agus comh-roinn a thoirt uaihbh: oir a ta an leithide sin do ìobairtibh taitneach do Dhia.

17 Bithibh ùmhal d'ar cinn-iuil,

agus thugaibh géill doibh: oir tha iad ri faire air bhur n-anamaibh, mar mhuinntir d'an éigin cunntas thoirt uatha: chum gu'n dean iad e le gairdeachas, agus nì h-e le doilgheas: oir tha so neo-tharbhach dhuibhse.

18 Deanaibh ùrruigh air ar soinne: oir is dòigh leinn gu bheil deadh choguis againn, air dhuinn bhi toileach ar beatha a chaitheadh gu cubhaidh anns na h-uile nithibh.

19 Ach is mòid a ghuidheam oirbh so a dheanamh, chum gur luathaid' a dh'aisigear mise dhuibh.

20 A nis gu deanadh Dia na sìoth-chaint a thug air ais o na marbhaibh ar Tighearn Iosa, àrd bhuachaille nan caorach, tre fhuil a' choimh-cheangail shiorruidh,

21 Sibhse coimh lionta anns gach uile dheadh obair, chum sibh a dheanamh a thoilesan, ag oibreachadh annaibh an nì a ta taitneach 'na làthairsan, tre Iosa Crìosd; dhasan gu robh glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

22 Agus guidheam oirbh, a bhràithre, sibh a ghiùlan focal na h-caralach; oir scriobh mi gu h-aithghearra d'ar n-ionnsuidh.

23 Biodh fhios agaibh, gu'n do chuireadh ar bràthair Timoteus air a chomas; maille ris-san, ma thig e gu goirid, chi mi sibh.

24 Cuiribh fàilte orrasan uile a tha 'nan cinn-iuil duibh, agus air na naoimh uile. Tha muinntir na h-Eadailt a' cur fàilte oirbh.

25 Gràs gu robh maille ribh uile. Amen.

## LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL SHEUMAIS.

### C A I B. I.

1 Is còir dhuinn gairdeachas a dheanamh fuidh thrìoblaid, 5 gliocas iarraidh o Dhia, 15 agus ann ar feuchainnibh gun sinn a chur ar n-anmhuinneachd no ar peacaidh as a lethsan; &c.

**T**HA Seumas seirbhiseach Dhé, agus an Tighearn Iosa Crìosd, a' cur beannachd chum an dà thrèibh dheug a tha air an sgapadh o chéile.

2 Mo bhràithre, measaibh mar an uile ghairdeachas 'nuair a thuiteas

sibh ann an iomadh gnè dheuch-  
ainnibh<sup>g</sup>;

3 Air dhuibh fios so bhi agaibh,  
gu'n oibrich dearbhadh bhur creidimh  
foighidin.

4 Ach biodh aig an fhoighidin a  
h-obair dhiongmhalta féin, chum  
gu'm bi sibh dìongmhalta agus iomlan,  
gun uireasbhuidh ni sam bith.

5 Ma tha aon neach agaibh a  
dh'uireasbhuidh gliocais, iarradh e o  
Dhia, a bheir do gach neach gu pailt,  
agus nach dean maoidheamh<sup>h</sup>; agus  
bheirear dha e.

6 Ach iarradh e le creidimh, gun  
bhi fuidh amharus sam bith: oir an  
ti a tha fuidh amharus, is cosmhuil e  
ri tonn na fairge, a shéidear le gaoith,  
agus a tha air a luasgadh i chuige  
agus uaith.

7 Oir na saoiladh an duine sin  
gu'm faigh e ni air bith o'n Tigh-  
earn.

8 Tha fear na h-inntinn dùbailte<sup>l</sup>  
reò-sheasmhach 'na uile shlighibh.

9 Deanadh am bràthair a tha ìosal  
gairdeachas 'na àrdachadh:

10 Ach an duine saibhir, 'na ìsleach-  
adh: do bhrìgh mar bhlàth an fheoir  
gu'n d'théid e seachad:

11 Oir air éirigh do'n ghréin le  
dian theas, crìonaidh i am fear, agus  
tuitidh a bhlàth, agus théid maise a  
dhreach am mugha<sup>m</sup>: is amhuil sin  
mar an ceudna a sheargas an duine  
saibhir 'na shlighibh.

12 Is beannuichte an duine a  
ghiùlainas buaireadh: oir 'nuair a  
dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha,  
a gheall an Tighearn do'n droing a  
ghràdhaicheas e.

13 Na abradh neach sam bith  
'nuair a bhuairear e, Tha mi air mo  
bhuaireadh le Dia: oir ni'n comasach  
Dia a bhuaireadh le h-olc, ni mò  
bhuaireas e neach sam bith.

14 Ach tha gach duine air a  
bhuaireadh, 'nuair a thairngear, agus  
a thàlaidhear<sup>n</sup> e le anamhiann féin.

15 An sin air bhi do'n anamhiann  
torrach, beiridh e peacadh: agus air  
do'm pheacadh bhi air a chrìochnach-  
adh, beiridh e bàs.

16 Na bithibh air bhur mealladh,  
mo bhràithre gràdhach.

17 Tha gach uile dheadh thabhart-  
as, agus gach uile thiodhlac iomlan  
o'n àirde, a' teachd a nuas o Athair  
na soillse, maille ris nach 'eil atharr-  
achadh, no sgàile tionndaidh.

18 O thoil féin ghin e sinn le  
focal na fìrinn chum gu'm bithea-  
maid 'nar gnè cheud-toraidh d'a  
chreutairibh.

19 Uime sin, mo bhràithre gràdh-  
ach, biodh gach duine ealamh chum  
éisdeachd, mall chum labhairt, mall  
chum feirge:

20 Oir cha'n oibrich fearg duine  
fìreantachd Dhé.

21 Uime sin cuiribh uaibh gach  
uile shalachar, agus anabharr mior-  
uin, agus gabhaibh d'ar n-ionnsuidh  
le macantas<sup>o</sup> am focal a tha air a  
shuidheachadh annaibh, a tha comas-  
ach air bhur n-anaman a shlanuch-  
adh.

22 Ach bithibhse 'nar luchd chur  
an gnìomh an fhocail, agus ni b'ann  
'nar luchd-éisdeachd a mhàin, 'gar  
mealladh féin.

23 Oir ma tha neach air bith 'na  
fhear-éisdeachd an fhocail, agus ni  
h-ann 'na fhear-deanamh d'a réir, is  
cosmhuil e ri duine a tha 'g ambarc  
air aghaidh nàdurra féin ann an  
sgàthan:

24 Oir bheachdaich e air féin,  
agus dh'imich e roimhe, agus dhì-  
chuimhnich e air ball cìod an coslas  
duine a bh'ann féin.

25 Ach ge b'e bheachdaicheas gu  
dùrachdach air lagh dìongmhalta na  
saorsa, agus a bhuanacheas ann, gun  
e bhi 'na fhear-éisdeachd dearmad-  
ach, ach 'na fhear-deanamh na  
h-oibre, bithidh an duine so beann-  
uichte 'na dheanadas.

26 Ma shaoileas neach air bith  
'nar measg gu bheil e diadhuidh,  
gun bhi cur sréin r'a theangaidh,  
ach a' mealladh a chridhe féin, i  
diomhain diadhachd an duine so.

27 'Si so an diadhachd fhìor-ghlan  
agus neo-shalach am fianuis Dé  
agus an Athar, dileachdan agus

<sup>g</sup> bhuaireibh. <sup>h</sup> nach cuir nàire. <sup>i</sup> fhuadachadh. <sup>l</sup> fear an dà inntinn.

<sup>m</sup> théid as do mhaire a dhreach. <sup>n</sup> bhrèugar, rìbear. <sup>o</sup> ceannasachd.



bantracha fhiosrachadh 'nan trioblaid, agus neach 'ga choimhead féin gun smal o'n t-saoghal.

### C A I B. II.

1 *Cha 'n'eil e comh-fhreagradh d'ar n-aidmheil chriosdaidh suim a bhi againn do dhaoineibh saibhre agus tair a dheanamh air ar bràithribh bochda; 13 is mò bu chòir dhuinn bhi seirceil agus trèaireach: 14 agus gun uaill a dheanamh a creidimh far nach 'eil oibre: &c.*

**M**O bhràithre, na biodh agaibh creidimh ar Tighearna Iosa Criosd, Tighearna na glòire<sup>P</sup>, maille ri gnùis-bhreth<sup>r</sup>.

2 Oir ma thig a steach d'ar coimhthional duine air am bheil fàinne òir, ann an eudach dealrach, agus gu'n d'thig a steach mar an ceudna duine bochd ann an eudach suarach<sup>s</sup>;

3 Agus gu'n amlhaire sibh le meas air an duine sin air am bheil an deadh thrusgan, agus gu'n abair sibh ris, Suidh thus' an so ann an àit inbheach<sup>t</sup>; agus gu'n abair sibh ris an duine bhochd, Seas thus' an sin, no suidh an so fuidh stòl mo chos:

4 Nach 'eil sibh mar sin leth-bhretheach annaibh féin, agus nach d'rinneadh sibh 'nar breitheannaibh dhroch smuainte?

5 Eisdibh, mo bhràithre gràdhach, nach do thagh Dia bochdan an t-saoghail so, saibhir ann an creidimh, agus 'nan oighreachaibh air an rioghachd, a gheall e dhoibhsan a ghràdhaicheas e?

6 Ach thug sibhse masladh do'n bhochd. Nach 'eil na daoine saibhir ri ain-tighearnas oirbh<sup>u</sup>, agus 'gar tarruing gu caithrichibh-breitheanaais?

7 Nach 'eil iad a' toirt toibheim<sup>a</sup> do'n ainm òirdheire<sup>b</sup>, a dh'ainmichear oirbh?

8 Ma chiomblionas sibh an lagh rioghail a réir an scriobtuir, Gràdh-

aich do choimhearsnach mar thu féin, is maith a ni sibh.

9 Ach ma ni sibh leth-bhreth air daoineibh, tha sibh a' deanamh peacaidh, agus tha sibh air blur fàgail shìos leis an lagh mar a luchd-brisidh.

10 Oir ge b'e neach a choimhdeas an lagh uile, agus a thuislicheas ann an aon àithne<sup>c</sup>, tha e ciontach do'n iomlan.

11 Oir an ti a thubhairt, Na dean adhaltrannas, thubhairt e mar an ceudna, Na dean mortadh. A nis ge nach dean thu adhaltrannas, gidheadh ma ni thu mortadh, rinneadh fear-brisidh an lagha dhìot.

12 Gu ma h-amhluidh sin a labhras sibhse, agus gu ma h-amhluidh a ni sibh, mar iadsan air an d'théid breth a thoirt le lagh na saorsa.

13 Oir gheibh esan breitheanas gun tròcair, nach d'rinn tròcair; agus ni tròcair gairdeachas an aghaidh breitheanaais.

14 Ciod an tairbhe, mo bhràithre, ge do their aon neach gu bheil creidimh aige, agus gun oibre bhi aige? an urradh creidimh a shlànuachadh?

15 Ma bhios bràthair no piuthar lomnochd, agus a dh'uireasbhuidh teachd-an-tìr lathail;

16 Agus gu'n abair neach agaibhse riu, Imchibh an sìothchaint, bithibh air blur garadh, agus bithibh air blur sàsachadh: gidheadh nach tabhair sibh dhoibh na nithe sin a tha feumail do'n chorp; ciod an tairbhe ta ann?

17 Is amhuil sin creidimh mar an ceudna, mur bi oibre aige, tha e marbh, air dha bhi leis féin.

18 Ach a deir neach àraidh, Tha creidimh agadsa, agus tha oibre agamsa: nochd dhemhsa do chreidimh as eugmhais t'oibre<sup>d</sup>, agus nochdaidh mise dhuitse mo chreidimh le m' oiribh.

19 Tha thu creidsinn gu bheil aon Dia ann; is maith a ni thu: tha na deamhain a' creidsinn mar an ceudna, agus tha iad a' crìochnachadh.

<sup>P</sup> creidimh glòire ar Tighearna Iosa Criosd. <sup>r</sup> meas air pearsa seach a chéile. <sup>t</sup> salach. <sup>u</sup> urramach. <sup>a</sup> a' deanamh fòirneart oirbh, 'gar sàrachadh. <sup>b</sup> maslaidh. <sup>c</sup> bhriseas aon phonc. <sup>d</sup> le t' oiribhse.

20 Ach, O dhuine dhìomhain, an àill leat fios fhaotainn, gu bheil creidimh as eugmhais oibre marbh?

21 Nach deachaidh air n-athair Abraham fhìreanachadh le oibribh, 'nuair a thug e suas a mhac Isaac air an altair?

22 Nach léir dhuit gu'n do chomh-oibrich creidimh le gnìomharaibh, agus gu'n d'rinneadh creidimh iomlan le oibribh?

23 Agus choimhlionadh an scriob-tuir a deir, Chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin da mar fhìrean-tachd: agus ghoireadh caraid Dé dheth.

24 Chì sibh uime sin gu'm fhìrean-achear duine le oibribh, agus cha'n ann le creidimh a mhàin.

25 Amhuil sin mar an ceudna, nach robh Rahab an strìopach air a fhìreanachadh le oibribh, 'nuair a ghabh i ris na teachdoiribh, agus a chuir i mach air slighe eile iad?

26 Oir mar a ta 'n corp marbh as eugmhais an spioraid, mar sin mar an ceudna tha creidimh marbh as eugmhais oibre.

## C A I B. III.

1 Cha chòir grad bhreth a thoirt air daoine eile, no an cronachadh gu laidarna; 5 ach is mò is còir dhuinn srian a chur r'ar teangaidh, ball beag, ach a ta 'na h-inneal cumhachdach chum mòr mhaith agus olc a dheanamh: 13 tha'n droing sin o tha fìor-ghlic ciuin agus sìothchail, gun tnu, gun stri.

**M**O bhràithre, na bithibh 'nar mòran mhaighstirean<sup>e</sup>, air dhuibh fios a bhi agaibh gu'm faigh sinn an tuilleadh breitheanaidh.

2 Oir ann am mòran nithe tha sinn uile ciontach. Mur 'eil duine ciontach ann am focal, is duine iomlan an ti sin, comasach mar an ceudna air srian a chur ris a' chorp uile.

3 Feuch, tha sinn a' cur shrian am beul nan each, chum's gu'm bi iad ùmhal dhuinn; agus tionndaidh sinn an corp uile mu'n cuairt.

4 Feuch mar an ceudna na longa,

ge do tha iad co mòr, agus ge do shéidear iad le garbh ghaothaibh, gidheadh iompoichear mu'n cuairt iad le stiur ro bhig, ge b'e àird gus am miann leis an stiùradair.

5 Is amhuil sin is ball beag an teanga, agus ni i mòr uailf. Feuch, cia meud an connadh a lasas teine beag!

6 Agus is teine an teanga, saoghal do aingidheachd: mar sin tha an teanga air a suidheachadh am measg ar ball, ionnas gu'n salaich i'n corp gu h-iomlan, agus gu'n las i cùrsa an nàduir<sup>g</sup>; agus i féin air a lasadh o ifrinn.

7 Oir a ta gach uile gné fhiadh-bheathaiche, agus eunlaith, agus nithe snàigeach<sup>h</sup>, agus nithe san fhairge, air an ceannsachadh; agus cheannsaicheadh iad leis a' chinn-eadh-daonna:

8 Ach ni'n comasach do dhuine air bith an teanga cheannsachadh; is olc do-chasgaidh<sup>i</sup> làn do nimh marbhtach.

9 Leatha-sa, tha sinn a' beannachadh Dhé, eadhon an Athar; agus leatha-sa tha sinn a' mallachadh dhaoine, a rinneadh a réir cosamhlachd Dhé.

10 As an aon bheil tha beannachadh agus mallachadh a' teachd a mach. Mo bhràithre, cha chòir do na nithibh so bhi mar so.

11 An cuir tobar a mach as an aon sùil uisge milis agus searbh?

12 Am feud craobh-fhìge, mo bhràithre, dearcan ola a thoirt uaiphe? no a' chraobh-fhìona, fìgean? mar sin cha'n fheud tobar sam bith sàile agus uisge milis a thoirt uaith araon.

13 Cò a ta 'na dhuine glìc agus aig am bheil eòlas 'nar measg? nochdadh e a deadh chaitheadh-beatha oibre féin le ceannsachd gliocas.

14 Ach ma tha eud searbh agus comh-stri agaibh 'nar cridhe, na dean-aibh uailf, agus na deanaibh breug an aghaidh na firinn.

15 Cha'n ann o'n àirde tha 'n gliocas so a' teachd a nuas, ach tha e talmhaidh, collaidh, diabhlaidh.

16 Oir far am bheil farmad agus

<sup>e</sup> fhear-teagaisg. <sup>f</sup> ràiteachais. <sup>g</sup> triall na beatha, cuairt an domhain.  
<sup>h</sup> nathraiche.



comh-stri, an sin *tha* buaireas i, agus gach uile dhroch ghnìomh.

17 Ach a ta an gliocas a tha o'n àirde air tùs glan, an déigh sin sìoth-chail, ciuin, agus so-chomhairlich, làn do thròcair agus do dheadh thor-aibh, gun leth-bbreth agus gun cheilg.

18 Agus tha toradh na fireantachd air a chur ann an sìth do luchd-deanamh na sìth.

#### C A I B. IV.

1 *Is còir dhuinn cathachadh an aghaidh sainnt,* 4 *neo-mheasarrachd,* 5 *uabhair,* 11 *cùl-chàineadh,* agus breth ghrad mu dhaoinibh eile; 13 agus gun bhi ro earbsach a soirbheas ann ar gnothuichibh saoghalta : &c.

**C**IA as a ta coganna agus còmh-raga a' teachd 'nar measg? nach ann as a so, eadhon o bhur n-anamhiannaibh, a tha cogadh ann bhur ballaibh?

2 Tha sibh a' miannachadh, agus cha 'n'eil agaibh : tha sibh a' marbhadh, agus a' dian-shanntachadh, agus ni'n comas duibh ni fhaotainn : tha sibh a' cathachadh agus a' cogadh, gidheadh cha 'n'eil agaibh, do bhrìgh nach 'eil sibh ag iarraidh.

3 Tha sibh ag iarraidh, agus cha 'n'eil sibh a' faotainn, do bhrìgh gu bheil sibh ag iarraidh gu h-olc, chum's gu'n caith sibh e air bhur n-anamhiannaibh.

4 Adhaltrannaichean, agus a bhan-adhaltrannaichean, nach 'eil fhios agaibh gur naimhdeas an aghaidh Dhé càirdeas an t-saognail? ge b'e air bith neach uime sin leis an àill bhi 'na charaid do'n t-saoghal, tha e 'na nàmhaid do Dhia.

5 Am bheil sibh a' smuaineachadh gu bheil an scriobtur gu dìomhanach a' labhairt? Am bheil an spiorad<sup>l</sup>, a tha chòmhnuidh annainn a' togairt<sup>m</sup> gu farmad?

6 Ach bheir e gràs a's mò uait : uime sin a deir e, Tha Dia a' cur an aghaidh nan uabhbreach, ach a' toirt gràis dhoibhsan a ta iriosal.

7 Uime sin ùmhlaichibh sibh féin

do Dhia; cuiribh an aghaidh an diabhoil, agus teichidh e uaibh :

8 Dlùthaichibh ri Dia, agus dlùthaichidh e ribh : glanaibh *bhur* làmhàn, a pheacacha, agus glanaibh *bhur* cridhe, sibhse aig am bheil an inntinn dhùbailte<sup>n</sup>.

9 Bithibh ann an àmhghar, agus deanaibh caoi, agus gul : biodh bhur gàire aire a thionndadh gu bròn, agus *bhur* n-aobhneas gu tuirse.

10 Irioslaichibh sibh féin am fianuis an Tighearna, agus àrdaichidh e sibh.

11 Na labhraibh olc mu chéile, a bhràithre. An ti a tha labhairt uile m'a bhràthair, agus a' tabhairt breth air a bhràthair, tha e labhairt uile mu'n lagh, agus a' toirt breth air an lagh : ach ma tha thu toirt breth air an lagh, cha'n fhear-coimhlionaidh an lagha thu, ach breitheamh.

12 Tha aon fhear-tabhairt lagha ann, a's urrainn saoradh agus sgrios : co thus' a tha toirt breth air neach eile?

13 Imichibh a nis, sibhse a deir, Théid sinn an diugh no màireach, agus a' leithid so do bhaile, agus fanuidh sinn an sin rè bliadhna, agus ni sinn ceannachd<sup>o</sup>, agus gheibh sinn buannachd :

14 'Nuair nach 'eil fhios agaibh ciod a tharlas air a' mhàireach : oir ciod i bhur beatha? is deatach i a chithear rè ùine bhig, agus an déigh sin a théid as an t-sealladh.

15 An àit gu'm bu chòir dhuibh a ràdh, Ma's toil leis an Tighearn, bithidh sinn beo, agus ni sinn so, no sud.

16 Ach a nis tha sibh a' deanamh uaill as bhur ràiteachas féin : is olc gach uile shamhuil sin do uaill.

17 Uime sin dhasan d'an aithne maith a dheanamh, agus nach dean e, is peacadh e dha.

#### C A I B. V.

1 *Tha aobhar aig daoinibh aingidh, saibhir eagal a bhi orra roimh dhioghaltas Dé.* 7 *Bu chòir dhuinn bhi foighidneach a réir eisempleir nam fàidh, agus Iob;* 12 *mionnan a sheachnanh;* 13 *ùrnuigh a*

i an-riaghailt. 1 Tha an spiorad. <sup>m</sup> miannachadh. <sup>n</sup> dhà-fhillte.

<sup>o</sup> marsandachd,

*ghndthachadh ann an anshocair,  
agus sailm a sheinn ann an socair ;  
&c.*

**I**MICHIBH a nis a dhaoine saibhre, deanaibh gul agus caoidh air son bhur n-àmhghar a tha teachd oirbh.

2 Tha bhur saibhreas air truailleadh, agus bhur n-eudach air itheadh leis an leomann <sup>P</sup>.

3 Tha bhur n-òr agus bhur n-airgiod air meirgeadh; agus bithidh am meirg san 'na fhianuis 'nar n-aghaidh, agus ithidh i bhur feòil mar theine: thaisg sibh ionmhas fa chomhair nan là deireannach.

4 Feuch, tha tuarasdal an luchd-oibre <sup>r</sup>, a bhuain sìos bhur n-achaidh, ni a chumadh uatha leibhse le feill, ag éigheach: agus tha glaothaich na muinntir a bhuain, air dol a stigh chum cluasa Tighearna nan sluagh.

5 Chaith sibh bhur beatha ann an sògh air talamh, agus bha sibh mear; dh'altrum sibh bhur cridheacha, mar ann an là a' mharbhadh <sup>s</sup>.

6 Dh'it agus mharbh sibh am fireant, agus cha 'n'eil e cur 'nar n-aghaidh.

7 Uime sin, a bhràithre, bithibh foighidneach gu teachd an Tighearna. Feuch, feithidh an treabhaiche <sup>u</sup> ri toradh luachmhor an talmhainn, agus fanaidh e gu foighidneach ris, gus am faigh e an ceud uisge agus an t-uisge deireannach.

8 Bithibhse foighidneach mar an ceudna; socraichibh bhur cridheacha: oir tha teachd an Tighearna am fagus.

9 Na deanaibh gearan an aghaidh a chéile, a bhràithre, chum nach dìtear sibh: feuch, tha am breith-eamh 'na sheasamh aig an dorus.

10 Gabhaibh, mo bhràithre, na fàidhean, a labhair ann an ainm an Tighearna, 'nan eisempleir air anshocair fhulang, agus air foighidin.

11 Feuch, measar sona leinn iadsan a dh'fhuilingeas. Chuala sibh iomradh air foighidin Iob, agus chunnaic sibh crìoch an Tighearna; gu bheil an Tighearna ro thiom-chridheach a agus tròcaireach.

12 Ach roimh na h-uile nithe, mo bhràithre, na tugaibh mionnan, aon chuid air nèamh, no air an talamh, no air aon mhionnan eile: ach gu'm bu h-e bhur còmhradh seadh, seadh, agus ni h-eadh, ni h-eadh; air eagal gu'n tuit sibh ann an dìteadh.

13 Am bheil neach sam bith a' fulang uile 'nar measg? deanadh e ùrnuigh. Am bheil neach sam bith subhach? canadh e sailm.

14 Am bheil neach sam bith tinn 'nar measg? cuireadh e fios air sean-airibh na h-eaglais; agus deanadh iad ùrnuigh os a cheann, 'ga ùngadh le h-ola an ainm an Tighearna:

15 Agus slànuichidh ùrnuigh a' chreidimh an t-euslan, agus togaidh an Tighearna suas e; agus ma rinn e peacanna, maithear dha iad.

16 Aidichibh *bhur* lochda d'a chéile, agus deanaibh ùrnuigh air son a chéile, chum gu'n slànuichear sibh: tha mòr éifeachd ann an ùrnuigh dhùrachdaich an fhèirein.

17 Bu duine Elias aig an robh comh-aighe ruinne, agus ghuidh e gu dùrachdach gun uisge bhi ann: agus cha d'thainig uisge air an talamh rè thrì bliadhna agus shea mìos.

18 Agus rinn e ùrnuigh a ris, agus thug nèamh uisge uaith, agus thug an talamh a mach a thoradh.

19 A bhràithre, ma théid aon neach agaibhse air seacharan o'n fhìrinn, agus gu'n iompoich neach e;

20 Biodh fhios aige, an duine a dh'iompoicheas peacach o sheacharan a shlighe, gu'n saor <sup>b</sup> e anam o bhàs, agus gu'm folaich e mòran pheacanna.

<sup>P</sup> an reudan, mhiàl-chrìon. <sup>r</sup> nam buanaiche. <sup>s</sup> an àir. <sup>t</sup> an t-ionracan.

<sup>u</sup> an tuathanach. <sup>a</sup> ro ìochdmhor. <sup>b</sup> tèaruinn.



## CEUD LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL PHEADAIR.

### C A I B. I.

1 *Tha e a' beannachadh Dhé air son a ghràs a iomarcach spioradail, 10 a' nochdadh nach naidheachd ùr slàinte tre Chrìosd, ach ni mu'n robh fàidh-eadaireachd o shean: 13 agus a réir sin tha e a' cur ìmpidh orra am beatha a chaitheadh gu diadhaidh, do bhrìgh gu bheil iad a nis air an nuadh-bhrèth le focal Dé.*

**P**EADAR abstol Iosa Crìosd, chum nan coigreach a tha air an sgapadh tre Phontus, Ghalatia, Chapadocia, Asia, agus Bhitinia,

2 A thaghadh a réir roimh-eòlais Dhé an Athar, tre naomhachadh an Spioraid, chum ùmhlaichd, agus crathadh fola Iosa Crìosd: Gràs agus sìothchaint gu robh air am meudachadh dhuibhse.

3 Gu ma beannuichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Crìosd, neach a réir a mhòr thròcair, a dh'athghin sinne gu beo dhòchas, tre aiseirigh Iosa Crìosd o na marbhaibh,

4 Chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalaich, agus nach searg as, a tha air a coimhead sna nèamhaibh dhuibhse,

5 A tha air bhuir coimhead le cumhachd Dhé tre chreidimh chum slàinte, a tha ullamh r'a foillseachadh san aimsir dheireannach.

6 Ni anns am bheil sibh a' deanamh mòr ghairdeachais, ge do tha sibh a nis rè ùine bhig (ma's feumail e) fuidh thuirse tre iomadh buaireadh.

7 Chum gu faighear dearbhadh bhuir creidimh, ni's luachmhoire gu mòr na òr a théid am mugha<sup>c</sup>, ge do dhearbhar le teine e, chum cliù, agus urraim, agus glòir aig foillseachadh Iosa Crìosd;

8 D'am bheil sibh a' toirt gràidh, ge nach faca sibh e; agus air dhuibh bhi creidsinn ann ge nach 'eil sibh a nis 'ga fhaicinn, tha sibh a' deanamh mòr ghairdeachais le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir:

9 A' faotainn crìche bhuir creidimh, slàinte bhuir n-anaman:

10 Slàinte mu'n d'fhiosraich na fàidhean, agus mu'n d'rinn iad geur-rannsachadh, muinntir a rinn fàidh-eadaireachd mu'n ghràs a bha gu teachd d'ar n-ionnsuidhse;

11 A' rannsachadh cìod i, no cìod a' ghnè aimsir a bha Spiorad Chrìosd anntasan a' foillseachadh, 'nuair a rinn e fianuis roimh-laimh air fulangasaibh Chrìosd, agus a' ghlòir a bha gu'n leantuinn.

12 Muinntir d'an d'fhoillsicheadh, nach b'ann doibh féin, ach dhuinne a fhritheil iad na nithe a tha nis air an cur an cèill duibh leo-san a shearmonaich an soisgeul duibh, leis an Spiorad naomh a chuireadh a nuas o nèamh; nithe air am miann leis na h-ainglibh beachdachadh.

13 Uime sin crìosraichibh leasraidh bhuir n-inntinn, bithibh measarra, agus biodh dòchas dìongmhailta agaibh as a' ghràs<sup>c</sup> a bheirear dhuibh aig foillseachadh Iosa Crìosd;

14 Mar chloinn ùmhal, gun bhi 'gar comh-chumadh féin ris na h-anamhiannaibh a bha agaibh roimhe ann an àm bhuir n-aineolais:

15 Ach a réir mar a ta esan a ghairm sibh naomha, bithibhse naomha mar an ceudna 'nar n-uile chaitheadh-beatha:

16 Do bhrìgh gu bheil e scrìobhta, Bithibhse naomha, oir ataimse naomha.

<sup>c</sup> a neo-ni. <sup>d</sup> ciallachudh. <sup>e</sup> sùil gus a' chrìch agaibh ris a' ghràs.

17 Agus ma ghoireas sibh air an Athair, a bheir breth a réir oibre gach neach gun chlaon bhàigh ri neach seach a chéile<sup>f</sup>, caithibh aimsir bhur cuairt an so le h-eagal<sup>g</sup>:

18 Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithibh truailidh, mar a ta airgid agus òr, o bhur caitheadh-beatha diomhain a thugadh dhuibh o bhur sinnsireachd;

19 Ach le fuil luachmhoir Chrìosd, mar fhuil Uain gun chron, gun smal:

20 Neach gu deimhin a roimh-orduicheadh roimh chruthachadh an t-saoghail, ach a dh'fhoillsicheadh anns na h-aimsiribh deireannach air bhur sonsa;

21 Muinntir trìdsan a ta creidsinn ann an Dia a thog esan o na marbh-aibh, agus a thug glòir dha, chum gu'm biodh bhur creidimh agus bhur muinghin ann an Dia.

22 Do bhrìgh gu'n do ghlan sibh bhur n-anama le ùmhlachd a thoirt do'n fhirinn tre 'n Spiorad, chum gràidh neo-chealgaich do na bràithribh; feuchaibh gu'n toir sibh gràdh d'a chéile a cridhe glan gu dùrachdach:

23 Air dhuibh bhi air bhur n-ath-gbineamhuin, cha'n ann o shìol truailidh, ach neo-thruailidh, le focal an Dé bheo agus a mhaireasgu sìorruidh.

24 Oir tha gach uile fheadhail mar fheur, agus uile ghlòir dhaonna mar bhlàth an fheadhail. Seargaidh am feur, agus tuitidh a bhlàth dheth:

25 Ach fanaidh focal an Tighearna gu sìorruidh. Agus is e so am focal a shearmonaicheadh dhuibhse anns an t-soisgeul.

## C A I B. II.

1 Tha e 'gan comhairleachadh an aghaidh mì-sheircealachd; 4 a' nochdadh gur e Crìosd am bunadh air am bheil iad air an togail: 11 a' guidheadh orra fantuinn o namhiannaibh fèidmhor, 13 bhi ùmhal do uachdaranaibh; 18 cionnus is

còir do sheirbhisich bhì ùmhal d'am maighstiribh, 20 iad a dh'fhuilang gu foighidneach air son maith a dheanaimh a réir eisimpleir Chrìosd.

UIME sin a' eur uaibh gach uile mhlòruin, agus gach uile mhealltoireachd, agus chealg, agus fharmada, agus gach uile anacaint,

2 Mar naoidheana a ran ùr-bhreith, iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail, chum as gu fàs sibh leis;

3 Ma's e's gu'n do bhlais sibh gu bheil an Tighearn gràmhòr.

4 A' teachd d'a ionnsuidhsan, mar gu cloich bheo, a dhiùltadh gu deimhin le daoineibh, ach air a taghadh o Dhia agus luachmhor:

5 Tha sibhse mar an ceudna mar chlochaibh beotha, air bhur togail suas 'nar tigh spioradail, 'nar sagartachd naomha chum lobairte spioradail a thoirt suas, taitneach do Dhia trid Iosa Crìosd.

6 Uime sin tha so mar an ceudna air a chur sìos anns an scriobtuir, Feuch, cuiream ann an Sion prìomh chlach-oisinne, taghta, luachmhor; agus an ti a chreideas ann<sup>l</sup>, cha chuirear gu nàire e.

7 Dhuibhse uime sin a chreideas tha e<sup>m</sup> luachmhor: ach dhoibhsan a tha easumhal, a' chlach a dhiùlt na clachairean, rinneadh ceann na h-oisinne dith,

8 Agus clach-thuislidh, agus carruig oilbheim, dhoibhsan a thuislicheas air an fhocal, air dhoibh bhi easumhal, chum mar an ceudna an d'orduicheadh iad.

9 Ach is ginealach taghta sibhse, sagartachd rioghail, cinneach naomha, sluagh sonraichte<sup>n</sup>; chum gu'n cuir eadh sibh an céill feartan<sup>o</sup> an ti a ghairm a dorchadas sibh chum a sholuis iongantaich féin:

10 Nach robh uair-eigin<sup>p</sup> 'nar sluagh, ach a nis is sibh sluagh Dhé: dream nach d'fhuair tròcair, ach a nis a tha air faotainn tròcair.

11 A mhuinntir mo ghràidh, guidheam oirbh, mar choigrich agus luchd-cuairt, sibh a sheachnadh ana-

<sup>f</sup> gun urram do neach seach a chéile. <sup>g</sup> faitheas. <sup>h</sup> Do bhrìgh gu'n do bhlais sibh. <sup>i</sup> clach-oisinne àraidh. <sup>l</sup> a dh'earbas aisde. <sup>m</sup> i. <sup>n</sup> dileas, àraid.

<sup>o</sup> subhailcean, buaidhean, cliu. <sup>p</sup> roimhe.



mhianna feòlnhor, a tha cogadh an aghaidh an anama;

12 Air dhuibh deadh chaitheadh-beatha bhi agaibh am measg nan Cinn-each; chum an àit olc a labhairt umaibh mar luchd mi-ghnìomh, gu'n dean iad o bhur deadh oibribh a chi iad, Dia a ghlòrachadh ann an là an fhiosrachaidh.

13 Uime sin bithibhse ùmhal do gach uile riaghuilt<sup>r</sup> dhaoine air son an Tighearna: ma's ann do'n rìgh, mar an ti a's àirde inbhe;

14 Ne do uachdaranaibh, mar do'n mhuinntir a chuireadh uaith chum dioghaltais air luchd dheanamh an uile, ach chum cliu dhoibhsan a ni maith.

15 Oir is i toil Dé gu'n cuireadh sibhse le deadh dheanadas tosd air aineolas dhaoine amaidheach:

16 Mar dhaoine saor, agus gun bhur saorsa a ghnàthachadh mar bhrat-folaich do'n olc<sup>s</sup>, ach mar sheirbhisich Dhé.

17 Thugaibh urram do na h-uile dhaoine. Gràdhachibh na bràithre. Biodh eagal Dé oirbh. Thugaibh urram do'n rìgh.

18 A sheirbhiseacha, *bithibh* ùmhal d'ar maighstiribh maille ris an uile eagal, ni h-e mhàin dhoibhsan a tha maith agus ciuin, ach mar an ceudna dhoibhsan a tha anamèineach<sup>t</sup>.

19 Oir a ta so cliu-thoillteannach, ma dh'iomchaires neach sam bith doilgheas air son coguis a thaobh Dhé, a' fulang gu h-eucorach.

20 Oir ciod an t-aobhar molaidh a ta ann, ma's e an uair a ghabhar oirbh air son bhur ciontaidh, gu'n giùlain sibh gu foighidneach e? ach ma's e 'nuair a ta sibh a' deanamh maith, agus a' fulang air a shon, gu'n giùlain sibh e gu foighidneach, tha so taitneach do Dhia.

21 Oir is ann chuire so a ghairm-eadh sibh: do bhrìgh gu'n d'fhuiling Crìosd mar an ceudna air bhur sòn<sup>u</sup>, a' fàgail eisempleir agaibh<sup>a</sup>, chum gu leanadh sibh a cheumanna:

22 Neach nach d'rinn peacadh, ni mò a fhuaradh cealg 'na bheul:

23 Neach 'nuair a chàineadh e, nach do chàin a rìs; 'nuair a dh'fhuiling e, nach do bhagair; ach a dh'earb e féin ris-san a bheir breth cheart:

24 Neach a ghiùlain ar peacanna e féin 'na chorp féin air a' chrann, chum air dhuinn bhi marbh do'n pheacadh b, gu'm bitheamaid beo do fhìreantachd: neach a tha sibh air bhur slànuchadh le a bhuillibh.

25 Oir bha sibh mar chaoraich a' dol air seacharan; ach philleadh sibh a nis chum Buachaille agus Easbuig<sup>c</sup> bhur n-anaman.

### C A I B. III.

1 Tha e teagasg dleasdanaìs bhan agus fhear-pòsda d'a chéile, 8 ag earalachadh nan uile dhaoine chum aonachd agus gràidh, 14 agus geur-leanmhuinn fhulang: 19 Tha e mar an ceudna a' cur an céill soch-airean Ckrìosd do'n t-seann saoghal.

**M**AR an ceudna, a' mhnàì, *bithibh* ùmhal d'ar fearaibh féin, chum ma tha droing air bith easùmh-al do'n fhocal, gu'm bi iadsan mar an cendna, as eugmhais an fhocail, air an cosnadh le deadh chaitheadh-beatha nam ban.

2 'Nuair a bheachdaicheas iad air bhur caitheadh-beatha gheanmnaidh maille ri h-eagal.

3 Na b'i bhur breaghachd, figh-eadh an fhuilte agus a' cur òir oirbh, agus dheadh thrusgan umaibh, a' bhreaghachd sin o'n leth muigh:

4 Ach duine folaicht' a' chridhe, ann an neo-thruaillidheachd spioraid mhacanta agus chiuin, ni a tha ro luach-mhor ann an sealladh Dhé.

5 Oir b'ann mar só a rinn na mnàì naomha o shean, aig an robh am muinghin ann an Dia, iad féin breagha, air dhoibh bhi ùmhal d'am fearaibh féin;

6 Amhuil a thug Sara ùmhlachd do Abraham, a' gairm tighearna dheth: d'an nigheana sibhse am feadh a ni sibh gu maith, agus gun gheilt oirbh le h-uabhas sam bith.

<sup>r</sup> ordugh, shuidheachadh. <sup>s</sup> do mhiòrun. <sup>t</sup> reasgach, crosda. <sup>u</sup> air ar sòn-ne.

<sup>a</sup> againn. <sup>b</sup> air ar saoradh o pheacaibh. <sup>c</sup> fir-coimhid, fir-amhairc thairis.

7 Mar an ceudna, fheara, gabh-  
aibhse còmhnuidh maille ri u r'éir  
eòlais, a' tabhairt urrainn do'n mhnaoi  
mar an soitheach a's anmhuinne, agus  
mar mhuinntir a tha 'nan comh-oigh-  
reachaibh air gràs na beatha; chum  
nach cuirear bacadh air bhur n-ùr-  
nuighibh.

8 Fa dheoidh, *bithibh* uile a dh'aon  
inntinn, biodh comh-fhulangas agaibh  
r'a chéile<sup>c</sup>, gràdhaichibh a chéile mar  
bhràithre, *bithibh* truacanta, càirdeil:

9 Na ìocaibh olc air son uile, no  
càineadh air son càinidh: ach 'na  
aghaidh sin, beannuichibh; air dhuibh  
fios bhì agaibh gur ann chuige so a  
ghairmeadh sibh, chum gu'n sealbha-  
icheadh sibh beannachadh mar oigh-  
reachd:

10 Oir ge b'e le'm b'àill beatha a  
ghràdhachadh, agus làithean maith  
fhaicinn, cumadh e theanga o olc,  
agus a bhilean o labhairt ceilg.

11 Seachnadh e olc, agus deanadh  
e maith; iarradh e sìth, agus leanadh  
e i.

12 Oir *tha* sùilean an Tighearn air  
na fireanaibh, agus a chluasa fosgailte  
r'an ùrnuigh: ach *tha* gnùis an  
Tighearna an aghaidh na muinntir a  
ni olc.

13 Agus cò e a ni olc oirbh, ma  
bhios sibh 'nar luchd-leanmhuinn air  
an ni<sup>f</sup> sin a ta maith?

14 Ach eadhon ma dh'fhuilingeas  
sibh air sgàth fireantachd, is sona sibh:  
agus na biodh fiamh an eagailsan  
oirbh, agus na bithibh mi-shuaimh-  
neach;

15 Ach-naomhaichibh an Tighearn  
Dia ann bhur cridhibh: agus *bithibh*  
ullamb a ghnàth chum freagrachd a  
thoirt maille ri ceannsachd agus eagal,  
do gach uile dhuine a dh'iarras oirbh  
reuson an dòchais a tha annaibh:

16 Air dhuibh deadh choguis a bhi  
agaibh; chum 'nuair a tha iad a'  
labhairt uile 'nar n-aghaidh mar  
luchd mi-ghnìomh, gu'n gabh iadsan  
nàire a tha toirt toibheim d'ar deadh  
chaitheadh-beatha ann an Criosd.

17 Oir is fearr, ma's e sin toil Dé,  
sibh a dh'fhuilang air son maith a

dheanamh, na air son olc a dheanamh.

18 Oir dh'fhuiling Criosd féin aon  
uair air son peacaidh, am firean air  
son nan neo-fhìrean, (chum gu'n  
d'thugadh e sinne gu Dia) air dha bhì  
air a chur gu bàs san fheòil, ach air a  
bheothachadh trid an Spioraid:

19 Leis an deachaidh e mar an  
ceudna, agus an do shearmonaich e  
do na spioradaibh ann am prìosun;

20 A bha o shean easumhal, 'nuair  
a dh'fheith fad-fhulangas Dé aon  
uair ann an làithibh Noe, am feadh a  
bha àirc 'ga h-ulluchadh, anns an  
robh beagan, sin r'a ràdh, ochd anam-  
an, air an tearnadh trid uisge.

21 Tha'm baisteadh, mar shamh-  
lachas a tha coimh-fhreagrachd dha so  
(cha'n e cur dhinn sal na feòla, ach  
freagrachd deadh choguis thaobh Dhé)  
nis 'gar tearnadhne, trid aiseirigh  
Iosa Criosd:

22 Neach air dha dol gu nèamh, a  
tha air deas làimh Dhé, air do aing-  
libh, agus do uachdranachdaibh, agus  
do chumhachdaibh bhì air an cur  
fuidh cheannsalsan<sup>g</sup>.

## C A I B. IV.

1 *Tha e 'gan earalachadh gu sgar do-  
pheacadh o eisempleir Chriosd, agus  
do bhrìgh gu bheil a' chrìoch dheir-  
eannach a' dlùth-theannadh oirnn:*  
12 agus a' toirt comhfhurtachd  
dhoibh an aghaidh geur-leanmhuinn.

**U**IME sin o dh'fhuiling Criosd  
air ar soinne san fheòil,  
armaichibhse mar an ceudna sibh féin  
leis an inntinn cheudna: oir an ti a  
dh'fhuiling anns an fheòil, sguir e do  
pheacadh;

2 Chum nach caitheadh e fuigheall  
aimsire anns an fheòil, a réir ana-  
mhianna dhaoine, ach a réir toile Dé.

3 Oir is leoir dhuinn a' chuid a  
chaidh seachd do aimsir ar beatha gu  
toil nan Cinneach a dheanamh, 'nuair  
a shiubhail sinn ann am macnush, ann  
an anamhiannaibh, ann an anabharra  
fìona, ann an gedcaireachd, ann am  
pòiteireachd, agus ann an ìodhol-aor-  
adh an-dligheach<sup>i</sup>:

4 Nì anns am bheil iad a' gabhail

<sup>c</sup> *bithibh* ìochdamhor r'a chéile. <sup>f</sup> an Ti. <sup>g</sup> a mharasglachd,  
a smachd. <sup>h</sup> trùisealachd. <sup>i</sup> craos. <sup>l</sup> gràineil.



iongantais, do bhrìgh nach 'eil sibhse a' ruith maraon riu anns an neomheasarrachd cheudna gun tomhas, a' labhairt uile *umaibh* :

5 Muinntir a bheir cunntas dhasan, a tha ullamh gu breth a thoirt air na beothaibh agus air na marbhaibh.

6 Oir is ann chum na crìche so a shearmonaicheadh an soisgeul dhoibhsan a tha marbh mar an ceudna, chum gu'n d'thugtadh breth orra a réir dhaoine san fhèil, ach gu'm biodh iad beo a réir Dhé san Spiorad.

7 Ach a ta crìoch nan uile nithe am fagus : uime sin bithibh measarra<sup>m</sup>, agus deanaibh faire chum ùrnuigh.

8 Agus roimh na h-uile nithibh biodh agaibh teas-ghràdh d'a chéile ; oir cuiridh gràdh folach air mòran pheacanna.

9 Thugaibh aoidheachd d'a chéile gun ghearan.

10 A réir mar a fhuair gach aon an tiodhlac, *mar sin* deanaibh frith-ealadh d'a chéile, mar dheadh stiùbhardaibh air gràs eagsamhuil Dé.

11 Ma labhras neach sam bith, *labhradh e* mar bhriathraibh<sup>n</sup> Dhé ; ma tha neach sam bith ri frithealadh, *deanadh se e* mar o'n chomas a bheir Dia *dha* ; chum gu'm bi Dia air a ghlòrachadh anns na h-uile nithibh trid Iosa Crìosd : dhasan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen.

12 A mhuinntir mo ghràidh, na biodh iongantais oirbh thaobh na deuchainn theintich, a thig oirbh chum bhur dearbhadh, mar gu'n tarladh ni-eigin neo-ghnàthach dhuibh :

13 Ach do bhrìgh gu bheil sibh 'nar luchd comh-pairt do fhulangasaibh Chrìosd, deanaibh gairdeachas ; chum mar an ceudna, ann an àm foillseachaidh a ghlòire, gu'n dean sibh gairdeachas le h-aobhneas ro mhòr.

14 Ma mhaslaichear sibh air son ainme Chrìosd, *is sona sibh* ; oir a ta Spiorad na glòire, agus Dhé a' gabhail còmhnuidh oirbh ; d'an taobhsan gu deimbin tha e faotainn toibheim, ach d'ar taobhsa tha e air a ghlòrachadh.

15 Ach na fuilingeadh aon agaibh mar mhortair, no mar ghaduiclie, no

*mar fhear droch-bheirt*, no mar neach a ghabhas gnothuch re nithibh nach buin da.

16 Gidheadh ma *dh'fhuilingeas duine* mar Chrìosduidh, na biodh nàire air ; ach thugadh e glòir do Dhia as a leth so.

17 Oir *thainig* an t-àm anns an tòisich breitheanas aig tigh Dhé : agus ma thòisicheas e againne, ciod is crìoch dhoibhsan a tha easumhal do shoisgeul Dé ?

18 Agus ma's ann air éigin a thearnar am firean, c'àit an taisbein an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach e féin ?

19 Uime sin, an dream a dh'fhuilingeas a réir toile Dé, earbadh iad an anama *ris-san* ann an deanamh maith, mar ri Cruithear dileas.

## C A I B. V.

1 *Tha e cur ìmpidh air na seanairibh treud Dhé a bheathachadh* ; 5 *air an òigridh bhi àmhal*, 8 agus orra uile bhi stuama, faireil, agus daingean sa' chreidimh ; 9 *cur an aghaidh ar nàmhaid an-ìochdmhoir an diabhol*.

**N**A seanairean a tha 'nar measg earalaicheam, air bhi dhomh féin a'm' sheanair mar an ceudna, agus a'm' fhianuis air fulangasaibh Chrìosd, agus mar an ceudna a'm' fhear comhpairt do'n ghlòir sin a tha gu bhi air a foillseachadh :

2 Beathaichibh treud Dhé a tha 'nar measg, a' gabhail cùraim *dheth*, ni h-ann a dh'aindeoin, ach gu deònach ; ni h-ann air son buannachd shalaich, ach le h-inntinn ealaimh ;

3 Ni mò mar thighearnaibh os ceann oighreachd *Dhé*, ach mar dhroing a tha 'nan eisempleiribh do'n treud.

4 Agus an uair a dh'fhoillsichear an t-àrd bhuachaille<sup>o</sup>, gheibh sibh crùn na glòire nach searg as.

5 Mar an ceudna, dhaoine òga, bithibh ùmhal do na seanairibh : seadh, bithibh uile ùmhal d'a chéile, agus bithibh air bhur sgeadachadh le h-irioslachd : oir tha Dia a' cur an aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt gràis dhoibhsan a tha iriosal.

6 Uime sin islichibh sibh féin

fuidh làimh chumhachdaich Dhé, chum as gu'n àrduich e sibh ann an àm iomchuidh :

7 A' tilgeadh bhur n-uile chùraim<sup>p</sup> airsan, oir a ta cùram aige dhibh.

8 Bithibh stuama, deanaibh faire; do bhrìgh gu bheil bhur nàmhaid an diabol, mar leòmhnan beuchdach, ag imeachd mu'n cuairt, a' sireadh cò a dh'fheudas e shlugadh suas.

9 Cuiribhse 'na aghaidh, air dhuibh bhi daingean sa' chreidimh, agus fhios a bhi agaibh gu bheil na fulangais cheudna air an coimhlionadh ann bhur bràithribh a tha san t-saoghal.

10 Ach gu deanadh Dé féin nan uile ghràs, a ghairm sinne chum a ghlòire shiorruidh trid Iosa Crìosd, an déigh dhuibh fulang rè uine bhig,

iomlan sibh; gu daingnicheadh, gu neartaicheadh, gu socraicheadh e sibh.

11 Dhasan *gu robh* glòir agus cumhachd, gu saoghal nan saoghal. Amen.

12 Le Silvanus bràthair dìleas (réir mo bharailse) sgrìobh mi chugaibh<sup>r</sup> gu h-aithghearr, a' teagasg, agus a' deanamh fianuis, gur e so fìor ghràs Dé anns am bheil sibh 'nar seasamh.

13 Tha'n eaglais ann am Babilon a thaghadh maraon ribhse, a' cur fàilte oirbh, agus Marcus mo mhac.

14 Cuiribh fàilte air a chèile le pòig ghràidh. Sìth *gu robh* maille ribh uile a tha ann an Iosa Crìosd. Amen.

## DARA LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL PHEADAIR.

### C A I B. I.

1 Chum an daingneachadh an dòchas meudachaidh gràis Dé, 5 thu e cur impidh orra le creidimh agus deadh oibribh, an gairm a dheanamh cinnteach: 12 tha e cùramach mu so chur an cuimhne dhoibh, do bhrìgh gu bheil fìos aige a bhàs bhi 'm fagus: 16 agus tha e toirt rabhaidh dhoibh bhi bunaiteach ann an creidimh Chrìosd, &c.

**S**IMON Peadar, seirbhiseach agus abstol Iosa Crìosd, dhoibhsan a fhuair creidimh co luachmhor ruinne, trid fireantachd ar Dé agus ar Slanuighir<sup>s</sup> Iosa Crìosd:

2 Gu robh gràs agus sìothchaint air am meudachadh dhuibh, trid eòlais Dé, agus Iosa ar Tighearna,

3 A réir mar a dheònuich a chumhachd diadhuidhsan dhuinne na nithe

sin uile a bhuineas do bheatha agus do dhiadhachd, trid eòlais an tì sin a ghairm sinn chum glòire, agus cruadail<sup>c</sup>:

4 Trid an d'thugadh dhuinn geallanna ro mhòr agus luachmhor, chum tridsan gu'm biodh sibhse air bhur deanamh 'nar luchd comh-pairt do nàdur na diadhachd, air dhuibh dol as o'n truaillidheachd a ta anns an t-saoghal trid anamhiann.

5 Agus a thuilleadh air so<sup>u</sup>, air deanamh an uile dhìchill dhuibhse, cuiribh r'ar creidimh cruadal; agus ri cruadal, eòlas;

6 Agus ri h-eòlas, stuaim<sup>a</sup>; agus ri stuaim, foighidin; agus ri foighidin, diadhachd;

7 Agus ri diadhachd, gràdh bràthaireil; agus ri gràdh bràthaireil, seircb.

<sup>p</sup> ro-chùraim. <sup>r</sup> thugaibh, do'r n-ionnsuidh. <sup>s</sup> fireantachd Dhé agus ar Slanuighir. <sup>c</sup> subhaic, deadh-bheus. <sup>u</sup> chum na crìche so. <sup>a</sup> measarrachd.

b gràdh, carthanachd.



8 Oir ma bhios na nithe so ann-aibh, agus pailte, bheir iad oirbh gun bhi leasg, no mi-thorrach ann an eòlas ar Tighearna Iosa Crìosd.

9 Ach an ti aig nach 'eil na nithe sin, tha e dall, agus gearr-sheallach<sup>c</sup>, a' dì-chuimhneachadh gu'n do ghlanadh e o a sheann pheacaidh.

10 Uime sin, a bhràithre, deanaibh tuilleadh dìchill chum bhur gairm agus bhur taghadh a dheanamh cinnteach: oir ma ni sibh na nithe so, cha tuit sibh a choidhch:

11 Oir mar sin frithealar gu pailt dhuibh slighe a steach do rioghachd shiorruidh ar Tighearna agus ar Slànuighir Iosa Crìosd.

12 Uime sin cha dearmad mi na nithe so ghnàth-chur an cuimhne dhuibh, ge d' is aithne dhuibh iad, agus ge do tha sibh air bhur dàingneachadh san fhìrinn a làthair.

13 Ach measam gur còir, am feadh's a ta mi sa' phàillium<sup>d</sup> so, sibh-se a bhrosnachadh le<sup>r</sup> cur an cuimhne:

14 Air dhomh fios a bhi agam gur fagus dhomh am cur dhiom mo phàillium so, amhuil a dh'fhoillsich ar Tighearn Iosa Crìosd dhomh.

15 Ach ni mise dìchioll, chum an déigh dhomh siubhal, gu'm bi agaibh-se gnàth-chuimhne air na nitheibh so.

16 Oir cha do lean sinne faoin-sgeulachda a dhealbhadh gu h-innleachdach, 'nuair a chuir sinn an céill duibh cumhachd agus teachd ar Tighearna Iosa Crìosd, ach rinneadh sinn 'nar shùil-fhianuisibh air a mhòrachd-san.

17 Oir fhuair e o Dhia an t-Athair onoir agus glòir, 'nuair a thainig a' shamhuil so do ghuth d'a ionnsuidh o'n ghloir oirdheirc<sup>e</sup>, Is e so mo Mhac gràdhachsa, le'm bheil mi làn-toilichte.

18 Agus chuala sinne an guth so a thainig o nèamh, 'nuair a bha sinn maille ris air an t-sliabh naomha.

19 Tha againn mar an ceudna focal fàidheadaireachd a's cinntiche; d'am maith a ni sibh aire a thoirt, mar do lòchran a tha toirt soluis uaith ann

an ionad dorch, agus an soillsich an là, agus an éirich an reult-mhaidne 'nar cridheachaibh:

20 Air dhuibh fhios so a bhi agaibh air tùs, nach 'eil fàidheadaireachd air bith do'n scribeituir o thogradh dhaoine féin.

21 Oir cha d'thainig an fhàidheadaireachd a réir toil duine o shean: ach labhair daoine naomha Dhé mar a sheòladh iad leis an Spiorad naomh.

## C A I B. II.

1 *Tha e roimh-innseadh mu thimchuell luchd-teagaisg bréige, a' nochdadh am mi-dhiadhachd, agus an sgrios a thig faraon orra féin agus air an luchd-leanmhuinn; 7 o'n saorair daoine diadhaidh, mar a shaoradh Lot a Sodom; &c.*

**A**CH bha fàidhean bréige mar an ceudna am measg an t-sluaigh, amhuil a bhios luchd-teagaisg bréige 'nar measgsa, droing a bheir a steach os iosal saobh-chreidimh<sup>f</sup> millteach, eadhon ag àicheadh an Tighearna a cheannaich iad, agus a bheir sgrios obunn orra féin.

2 Agus leanaidh mòran an sligheacha millteach, trid am faigh slighe na fìrinn mi-chliu.

3 Agus tre shannt ni iad ceannachd oirbh le briathraibh mealltach: dream nach 'eil am breitheanas a nis o chian a' deanamh moille, agus cha 'n'eil an sgrios a' turr-chodail<sup>g</sup>.

4 Oir mur do chaomhain Dia na h-aingil a pheacaich, ach air dha an tilgeadh sìos do ifrinn, gu'n d'thug e thairis iad gu bhi air an coimhead ann an slabhraidhibh dorchadais, fa chomhair breitheanais;

5 Agus nach do chaomhain e an seann saoghal, ach gu'n do shaor e Noe an t-ochdamh pearsa, searmonaiche fìreantachd, air dha an dilinn<sup>h</sup> a thoirt air saoghal nan daoine mi-dhiadhaidh;

6 Agus a' tionndadh cathraiche Shodoim agus Ghomorrah gu luaithre<sup>i</sup>, gu'n do dh'it e le léir-sgrios iad, 'gan deanamh 'nam ball-sampuill<sup>j</sup> dhuibh-

<sup>c</sup> fa dhoill<sup>k</sup>-èan. <sup>d</sup> bhothan. <sup>e</sup> ard-urramaich. <sup>f</sup> dà-bharaillean.

<sup>g</sup> clò-chodal <sup>h</sup> dile, tuil. <sup>i</sup> luaith. <sup>j</sup> 'nan samhachas.

san a bhiodh mi-dhiadhaidh an déigh sin ;

7 Agus gu'n do shaor e Lot am firean, a bha fa champar<sup>m</sup> le caith-eadh-beatha neo-ghloin nan aingidh :

8 (Oir chràidh an t-ionracan sin, agus e gabhail còmhnuidh 'nam measg, anam fireanta o là gu là, le bhi faicinn agus a' cluinntinn an gnìomharan an-dligheach :)

9 Is aithne do'n Tighearn na daoine diadhaidh a shaoradh o bhuair-eadh, agus na daoin' eucorach a choinhead gu là a bhreitheanais chum pèanas a dheanamh orra :

10 Ach gu h-àraid iadsan a lean-as an fheòil ann an anamhiann na neo-ghloine, agus a ni tàir air uachd-aranachd : Air dhoibh bhi an-dàna, fèin-thoileil, cha'n eagal leo anacainnt a thoirt dhoibhsan<sup>n</sup> a tha ann an àrd inbhe :

11 An uair nach toir aingil a's mò ann an neart agus ann an cumhachd, casaid thoibheumach 'nan aghaidh<sup>o</sup> am fianuis an Tighearna.

12 Ach iadsan, mar ainmhidhean nàdurra ea-céillidh, a rinneadh gu bhi air an glacadh agus an sgrios, air dhoibh bhi labhairt gu toibheumach mu na nithibh nach tuig iad, sgriosar iad 'nan truaillidheachd féin ;

13 Agus gheibh iad tuarasdál na h-euceirt, mar dhream a mheasas mar shubhachas sògh<sup>p</sup> san là : is smala iad agus aobhar-maslaidh<sup>r</sup>, a' gabhail toileachas-inntinn 'nam mealltoir-eachd féin, am feadh 's a ta iad air cuirimbh<sup>s</sup> maille ribh ;

14 Aig am bheil an sùilean làn do adhaltrannas, agus do nach 'eil e'n comas sgur do pheacadh ; a' mealladh anaman neo-shuidhichte ; aig am bheil an cridhe air a chleachdadh ri gnìomharaibh sanntach ; clann nam mallachd :

15 A thréig an t-slighe dhireach, agus a chaidh air seacharan, a' lean-tuinn slighe Bhalanaim mhic Bhos-oir<sup>r</sup>, a ghràdhaich duais na h-eucorach ;

16 Ach a fhuair achmhasan air son aingidheachd : oir labhair an asal bhalbh le cainnt duine, agus thoirm-isg i mi-chiall an fhàidh.

17 Is tobair gun uisge iad so, neoil air an iomain le h-ìomghaoith, fa chomhair am bheil duibhre<sup>u</sup> an dorchadais air a thasgaidh gu sìorruidh.

18 Oir an uair a labhras iad briathran atmhor<sup>a</sup> dìomhanais, meal-laidh iad trid anamhianna na feòla, trid mhacnuisb, iadsan a chaidh gu glan<sup>c</sup> as uathasan a tha caithheadh am beatha ann an seacharan :

19 A' gealltuinn saorsa dhoibh, agus gun annta féin ach tràillean na truaillidheachd : oir ge b'e ni le'm buadhaichear air duine, do'n ni sin féin tha e air a chur fuidh dhaorsa.

20 Oir an déigh dhoibh dol as o shalcharaibh an t-saoghail trid eòlais an Tighearna agus an t-Slànuighir Iosa Crìosd, ma bhios iad a ris air an ribeadh annta, agus air an cur fuidh ghéill, tha an deireadh aca ni's measa na an toiseach.

21 Oir b'fhearr dhoibh gun eòlas a bhi aca air slighe na fireantachd, na an déigh a h-eòlas fhaotainn, pilleadh o'n àithne naomh a thugadh dhoibh :

22 Ach thachair dhoibh a réir an t-sean-fhocail fhìrinnich, Phill am madadh air ais chum a sgeith féin ; agus, A' mhuc a chaidh nigheadh, chum a h-aoirneagand san làthaich<sup>e</sup>.

## C A I B. III.

1 Tha e toirt cinnte dhoibh mu theachd Chrìosd chum breitheanais, an aghaidh luchd-fanoit ; 8 a' toirt rabhaidh do dhaoine mi-dhiadhaidh o fhad-fhoighidin Dé, iad a ghreasadh an aithreachais : 12 tha e mar an ceudna cur an céill am modh air an sgriosar an saoghal so : 11 'gan earalachadh o sin chum an uile naomhachd beatha ; &c.

**A**N dara litir so, a mhuinntir mo gbràidh, sriobham chugaibh a nis ; annta le chéile tha mi a' bros-

<sup>m</sup> air a shàrachadh. <sup>n</sup> olc a labhairt umpasan. <sup>o</sup> breth mhaslach an aghaidh a chéile. <sup>p</sup> deadh-ghleus, deadh theachd-an-tìr. <sup>r</sup> aineamha, sal. <sup>s</sup> fèisidibh. <sup>t</sup> Bheoir. <sup>u</sup> ceo. <sup>a</sup> uaibhreach. <sup>b</sup> thruiscileachd. <sup>c</sup> car tamuil bhig. <sup>d</sup> a h-aonairt, a h-eabradh. <sup>e</sup> sa' chlàbar.



nachadh bhur n-inntinn fhìor-ghloin le'r cur an cuimhne:

2 Chum gu'm bi sibh cuimhneach air na briathraibh a labhradh roimhe leis na fàidhibh naomha, agus air ar n-àithne-ne, abstola an Tighearna agus an t-Slànuighir:

3 Air dhuibh fhios so bhi agaibh air thùs, gu'n d'thig anns na làithibh deireannach luchd fochaid<sup>f</sup>, ag imeachd a réir an anamhiann féin,

4 Agus ag ràdh, C'ait am bheil gealladh a theachd? oir o choidil na h-aithriche, tha na h-uile nithe a' fantuinn mar a bha iad o thoiseach a' chruthachaidh.

5 Oir tha iad aineolach air so d'an deoin, gu'n robh na nèamha ann o chian, agus an talamh 'na sheasamh as an uisge, trid fhòcail Dé:

6 Tre'n dèachaidh an saoghal a bha'n sin ann a sgrios, air teachd do'n dèilinn air.

7 Ach tha na nèamha agus an talamh a tha nis ann, leis an fhocal sin féin air an tasgaidh suas, agus air an gleidheadh fa chomhair teine air chionn là a' bhreitheanais, agus sgrios dhaoine aindiadhaidh.

8 Ach, a mhuinntir mo ghràidh, na bithibhse aineolach air an aon ni so, Gu bheil aon là aig an Tighearna mar mhìle bliadhna, agus mìle bliadhna mar aon là.

9 Cha 'n'eil an Tighearna mall a thaobh a' gheallaidh, (mar a mheasas dream àraidh moille,) ach tha e fad-fhulangach d'ar taobhne, gun toil aige dream sam bith a bhi air an call, ach na h-uile dhaoine theachd gu h-aithreachas.

10 Ach thig là an Tighearna mar ghaduiche san oidhehe; anns an d'théid na nèamha thairis le toirm mhòir, agus anns an leagh na dùile le dian theas; agus bithidh an talamh

mar an ceudna agus na h-oibre a ta air, air an losgadh suas.

11 Uime sin do bhrìgh gu'm bi na nithe so uile air an sgaoileadh as a chéile, ciod a' ghnè dhaoine bu chòir a bhi annaibh, ann an caitheadh-beatha naomha, agus diadhachd,

12 Le sùil a bhi agaibh ri, agus luathachadh<sup>g</sup> chum teachd là Dhé, anns am bi na nèamha, air dhoibh bhi ri theine, air an sgaoileadh o chéile, agus anns an leaghar na dùile le dian theas?

13 Gidheadh tha dùil againne ri nèamhaibh nuadh agus talamh nuadh, a réir a gheallaidh, anns an còmhnuich fireantachd.

14 Uime sin, a mhuinntir ion-mhuinn, o tha dùil agaibh ris na nithibh sin, deanaibh bhur dìchioll chum gu faighear leis-san ann an sìothchaint sibh, gun smal agus neo-lochdach:

15 Agus measaibh gur slàinte fad-fhulangas ar Tighearna; amhuil a scriobh mar an ceudna ar bràthair gràdhach Pòl, a réir a' ghliocais a thugadh dha, d'ar n-ionusuidh;

16 Amhuil mar 'na litrichibh uile, a' labhairt annta mu na nithibh so: anns am bheil cuid do nithibh do-thuigsinn, a tha an droing a tha neo-fhòghlumta agus neo-sheasmhach a' fiaradh, amhuil mar na scriobtuirean eile, chum an sgrios féin.

17 Ach sibhse, a mhuinntir mo ghràidh, o's aithne dhuibh na nithe so roimh-làimh, thugaibh aire an t-eagal air dhuibhse mar an ceudna bhi air bhur taruing air falbh le seacharan nan daoine aindiadhaidh, gu'n tuit sibh o bhur seasmhachd féin.

18 Ach fàsaibh ann an gràs, agus ann an eòlas ar Tighearna agus ar Slànuighir Iosa Crìosd. Dhasan gu robh glòir a nis agus gu sìorruidh<sup>h</sup>. Amen.

<sup>f</sup> sanoid, sgeige. <sup>g</sup> greasadh, cubhag a dheanamh. <sup>h</sup> gu là na sìorruidheachd.

CEUD LITIR CHOITHIONN AN ABSTOIL  
EOIN.

1 *Tha e labhairt mu phearsa Chrìosd, anns am bheil againn beatha mhair-eannach, thaobh comh-chomuinn ri Dia; 5 ris an éigin duinn naomh-achd beatha a chur, &c.*

**A**N ni a bha ann o thùs, an ni a chuala sinne, a chunnaic sinn le'r sùilibh, air an d'amhaire sinn, agus a làimhsich ar làmhha thaobh focail na beatha;

2 (Oir dh'fhoillsicheadh a' bheatha, agus chunnaic sinne i, agus tha sinn a' deanamh fianuis, agus a' cur an céill dhuibhse na beatha maireannaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh'fhoillsicheadh dhuinne.)

3 An ni a chunnaic agus a chuala sinn, tha sinn a' cur an céill duibhse, chum gu'm bi agaibhse mar an ceudna comunn ruinne: agus gu firinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Crìosd.

4 Agus tha sinn a' sgrìobhadh nan nithe so d'ar n-ionnsuidh, chum gu'm bi blur gairdeachas coimhionta.

5 Agus is i so an teachdoireachd a chuala sinn uithsan, agus a tha sinn a' cur an céill dhuibhse, Gur solus Dia, agus nach 'eil dorchadas air bith annsan.

6 Ma their sinn gu bheil comunn againn ris i, agus sinn a' gluasad ann an dorchadas, tha sinn a' deanamh bréige, agus cha 'n'eil sinn a' deanamh na firinn:

7 Ach ma ghluaiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan san t-solus, tha comunn againn r'a chéile, agus glanaidh fuil Iosa Crìosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh.

8 Ma their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'gar mealladh féin, agus cha 'n'eil an fhìrinn annainn.

9 Ma dh'aidicheas sinn ar peacanna, tha esan fìrinneach agus ceart, chum ar peacanna a mhaithheadh dhuinn, agus a glanadh o gach uile neo-fhìreantachd.

10 Ma their sinn nach do pheacaich sinn, tha sinn a' deanamh breugaire dhethsan, agus cha 'n'eil fhocal annainn.

C A I B. II.

1 *Tha e toirt comhfhurtachd dhoibh an aghaidh peacaidh anmhuinneachd. 3 'Se fìor edias Dè àitheantan a choimhead, 9 ar bràithrean a ghràdhachadh, 15 agus gun ghaol a thoirt do'n t-saoghal. 18 Is éigin duinn bhì air ar faicill an aghaidh luchd-meallaidh: &c.*

**M**O chlann bheag, na nithe so sgrìobham d'ar n-ionnsuidh, chum nach peacaich sibh. Agus ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Crìosd an fìrean:

2 Agus is esan an ìobairt-réitich air son ar peacaidhne; agus cha'n e air son ar peacaidhne mhàin, ach mar an ceudna air son peacaidh an t-saoghail uile.

3 Agus le so tha fhios againn gur aithne dhuinn e, ma choimhideas sinn àitheanta.

4 An ti a their, Is aithne dhomh e, agus nach 'eil a' coimhead àitheanta, is breugaire e, agus cha 'n'eil an fhìrinn ann.

5 Ach ge b'e choimhideas fhocal, annsan gu deimhin tha gràdh Dhé air a choimhlionadh: le so is aithne dhuinn gu bheil sinn annsan.

6 An ti a their gu bheil e fantuinn annsan, is còir dhasan mar an ceudna gluasad, eadbon mar a ghluais esan.



7 A bhràithre, nì'n sgrìobham àithne nuadh chugaibh, ach seann àithne, a bha agaibh o'n toiseach: 's i'n t-seann àithne am focal a chuala sibh o thùs.

8 A rìs, sgrìobham àithne nuadh chugaibh, nì a ta fìor annsan agus annaibhse: do bhrìgh gu'n d'imich an dorchadas thairis, agus gu bheil a nìs an solus fìor a dealrachadh.

9 An ti a their gu bheil e san t-solus, agus a tha fuathachadh a bhràthar, tha e san dorchadas gus a nìs.

10 An ti aig am bheil gràdh d'a bhràthair, tha e 'na chòmhnuidh san t-solus, agus cha 'n'eil aobhar oilbheim air bith ann.

11 Ach an ti a ta fuathachadh a bhràthar, tha e anns an dorchadas, agus ag imeachd anns an dorchadas, agus cha'n aithne dha c'àit am bheil e dol, do bhrìgh gu'n do dhàll an dorchadas a shùilean.

12 Sgrìobham d'ar n-ionnsuidh, a chlann bheag, do bhrìgh gu bheil bhur peacanna air am maitheadh dhuibh air sgàth ainme-san.

13 Sgrìobham d'ar n-ionnsuidh, aithriche, do bhrìgh gu'm b'aithne dhuibh esan a ta o thùs. Sgrìobham d'ar n-ionnsuidh, òganacha, do bhrìgh gu'n d'thug sibh buaidh air an droch aon. Sgrìobham d'ar n-ionnsuidh, a chlann bheag, do bhrìgh gu'm b'aithne dhuibh an t-Athair.

14 Sgrìobh mi d'ar n-ionnsuidh, aithriche, do bhrìgh gu'm b'aithne dhuibh an ti a ta ann o thùs. Sgrìobh mi d'ar n-ionnsuidh, òganacha, do bhrìgh gu bheil sibh làidir, agus gu bheil focal Dhé 'na chòmhnuidh annaibh, agus gu'n d'thug sibh buaidh air an droch aon.

15 Na gràdhaichibh an saoghal, no na nithe a ta san t-saoghal. Ma ghràdhaicheas neach air bith an saoghal, cha'n eil gràdh an Athair ann.

16 Oir na h-uile a ta anns an t-saoghal, anamhiann na feola, agus anamhiann nan sùl, agus uabhar na beatha, cha'n ann o'n Athair a tha iad, ach o'n t-saoghal.

17 Agus siubhlaidh an saoghal seachad, agus anamhiann: ach an ti a nì toil Dé, mairidh e choidhch.

18 A chlann bheag, 's i'n aimsir dheireannach a tha ann: agus mar a chuala sibh gu'n d'thig an t-anacriosd, is ann mar sin a ta nìs iomad anacriosd ann; o'm bheil sinn a' tuigsinn gur i'n aimsir dheireannach a ta ann.

19 Chaidh iad a mach uainne, ach cha robh iad dhinn: oir nam biodh iad dhinn, gu deimhin dh'fhanadh iad maille ruinn: ach chaidh iad a mach, chum gu deantadh follaiseach iad, nach robh iad uile dhinn.

20 Ach tha agaibhse ùngadh o'n ti naomha, agus is aithne dhuibh na h-uile nithe.

21 Cha do sgrìobh mi d'ar n-ionnsuidh, do bhrìgh nach aithne dhuibh an fhìrinn; ach do bhrìgh gur aithne dhuibh i, agus nach 'eil breug air bith o'n fhìrinn.

22 Cò a tha 'na bhreugaire, ach esan a dh'àicheadhas gur e Iosa an Criosd? 's e so an t-anacriosd, a tha 'g àicheadh an Athair agus a' Mhic.

23 Ge b'e neach a dh'àicheadhas am Mac, cha n'eil an t-Athair aige: [ach an ti a dh'àidicheas am Mac, tha an t-Athair aige mar an ceudna.]

24 Uime sin fanadh an nì sin annaibhse a chuala sibh o thùs. Ma dh'fhanas an nì a chuala sibh o thùs annaibh, fanaidh sibhse mar an ceudna anns a' Mhac, agus anns an Athair.

25 Agus is e so an gealladh a gheall e dhuinn, eadhon a' bheatha mhaireannach.

26 Sgrìobh mi na nithe so d'ar n-ionnsuidh, mu thimchioll na droinge a tha 'gar mealladh.

27 Ach tha an t-ùngadh a fhuair sibh uaithsan, a' fantuinn annaibh: agus cha 'n'eil feum agaibh gu'n teagaisgeadh aon neach sibh: Ach, mar a ta an t-ùngadh so féin 'gar teagasg mu thimchioll nan uile nithe, agus a ta e fìor, agus nach breug e, eadhon mar a theagaisg e sibh, fanaibh ann.

28 Agus a nìs, a chlann bheag, fanaibh annsan; chum 'nuair a dh'fhoillsichear e, gu'm bi dànachd againn, agus nach bi nàire oirnn 'na làthair aig a theachd.

29 Ma tha fhios agaibh gu bheil

esan fireanta, tha fhios agaibh gu bheil gach neach a ni fireantachd, air a ghineamhuinn<sup>1</sup> uathsan.

## C A I B. III.

1 *Tha e cur an céill gràdh iongan-  
taich Dhé dhuinne, ann sinn a  
dheanamh 'nar cloinn dha féin :  
5 gur còir dhuinn uime sin àith-  
eantan a choimhead le h-urram, 11  
agus mar an ceudna gràdh bràth-  
aireil a bhì againn d'a chéile.*

**F**EUCHAIBH, ciod a' ghnè ghràdh a thug an t-Athair dhuinne, gu'n goirteadh clann Dé dhinn! uime sin cha'n aithne do'n t-saoghal sinn, do bhrìgh nach b'aithne dha esan.

2 A mhuinntir mo ghràdh, a nis is sinne mic Dhé, agus cha 'n'eil e soilleir fathast ciod a bhitheas sinn: ach a ta fhios againn, 'nuair a dh'fhoillsichear esan, gu'm bi sinn cosmhuil ris; oir chi sinn e mar a ta e.

5 Agus gach neach aig am bheil an dòchas so ann, glanaidh se e féin, mar a ta esan glan.

4 Ge b'e neach a ni peacadh, tha e mar an ceudna a' briseadh an lagha: oir is e am peacadh briseadh an lagha.

5 Agus tha fhios agaibh gu'n d'fhoillsicheadh esan chum ar peacanna thoirt air falbh; agus cha 'n'eil peacadh sam bith annsan.

6 Gach neach a dh'fhanas annsan, cha dean e peacadh: ge b'e air bith a pheacaicheas, cha 'n fhac e esan, agus cha robh eòlas aige air.

7 A chlann bheag, na mealladh neach air bith sibh: an ti a ni fireantachd is firean e, mar is firean esan:

8 An ti a ni peacadh, is ann o'n diabol a ta e: oir tha an diabol a' peacachadh o thùs. Is ann chum na crìche so a dh'fhoillsicheadh Mac Dhé, chum gu'n sgriosadh e oibre an diabhoil.

9 Ge b'e neach a ghineadh o Dhia, cha dean e peacadh: oir a ta a shìolsan a' fantuinn ann: agus cha 'n'eil e 'n comas da peacadh a dhean-

amh, do bhrìgh gu'n do ghineadh o Dhia e.

10 An so tha clann Dé, agus clann an diabhoil follaiseach: Ge b'e neach nach dean fireantachd, cha'n ann o Dhia a tha e, no an ti nach gràdhaich a bhràthair.

11 Oir is i so an teachdoireachd a chuala sibh o thùs, sinn a thoirt gràdh d'a chéile:

12 Cha'n ann mar Chain, a bha o'n droch aon, agus a mharbh a bhràthair: Agus c'ar son a mharbh se e? A chionn gu'n robh oibre féin olc, agus oibre a bhràthar fireanta.

13 Na biodh ioghnadh oirbh, mo bhràithre, ge do dh'fhuthaicheas an saoghal sibh.

14 Tha fhios againn gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do bhrìgh gu bheil gràdh againn do na bràithribh: an ti nach gràdhaich a bhràthair, fanuidh e ann am bàs.

15 Gach neach a dh'fhuathaicheas a bhràthair, is mortair<sup>m</sup> e; agus tha fhios agaibh nach 'eil aig mortair sam bith a' bheatha mhaireannach a' fantuinn ann.

16 Le so is aithne dhuinn gràdh Dhé, do bhrìgh gu'n do chuir esan sìos anam féin air ar soinne: agus is còir dhuinne ar n-anama féin a chur sìos air son nam bràithre.

17 Agus ge b'e neach aig am bheil maoin an t-saoghail so, agus a chi a bhràthair ann an uireasbhuidh, agus a dhruideas a chridhe 'na aghaidh, cionnus a tha gràdh Dhé a gabhail còmhnuidh ann?

18 Mo chlann bheag, na gràdh-aicheamaid ann am focal, no ann an teangaidh, ach ann an gnìomh agus ann am fìrinn.

19 Agus le so is aithne dhuinn gu bheil sinn do'n fhìrinn, agus bheir sinn dearbh-beachd<sup>n</sup> d'ar cridhibh 'na làthair.

20 Oir na dh'iteas ar cridhe sinn, is mò Dia na ar cridhe, agus is aithne dha na h-uile nithe.

21 A mhuinntir mo ghràdh, mur dìt ar cridhe sinn, tha danachd againn a thaobh Dhé.

22 Agus ge b'e ni a dh'iarras sinn,

<sup>1</sup> air a bhreith. <sup>m</sup> deuin'-mharbhaiche. <sup>n</sup> cinnteachd.



gheibh sinn uaith e, do bhrìgh gu bheil sinn a' coimhead àitheantan, agus a' deanamh nan nithe a tha taitneach 'na fhìanuis-san.

23 Agus is i so àithne-san, gu'n creideamaid ann an ainm a Mhic Iosa Crìosd, agus gu'n gràdhaicheamaid a chèile, mar a thug esan àithne dhuinn.

24 Agus an ti a choimhideas àitheanta-san, tha e gabhail còmh-nuidh ann, agus esan annsan: agus le so is aithne dhuinn gu bheil esan a' fuireach annainn, o'n Spiorad a thug e dhuinn.

#### C A I B. IV.

1 *Tha e toirt rabhaidh dhoibh gun iad a chreidsinn gach uile luchd-teagaisg a nì bàsd as an Spiorad, ach an dearbhadh le riaghailtibh a' chreidimh choitcheinn: 7 agus tha e le h-ìomadh reuson 'gam brosnachadh gu gràdh bràthaireil.*

**A** MHUINNTIR ionmhuinn, na creidibh gach uile spiorad, ach dearbhaidh na spioradan, an ann o Dhia a tha iad: do bhrìgh gu bheil mòran do fhàidhibh bréige air dol a mach do'n t-saoghal.

2 Le so aithnichibh Spiorad Dhé: gach uile spiorad a dh'aidicheas gu'n d'thainig Iosa Crìosd san fheadail, is ann o Dhia a tha e.

3 Agus gach uile spiorad nach aidich gu bheil Iosa Crìosd air teachd san fheadail, cha'n ann o Dhia a tha e: agus is e so spiorad sin an ana-crìosd, neach a chuala sibh e bhi teachd, agus a nis tha e cheana anns an t-saoghal.

4 A chlann bheag, tha sibhse o Dhia, agus thug sibh buaidh orrasan; do bhrìgh gur mò esan a ta annaibhse, na'n ti a ta anns an t-saoghal.

5 Tha iadsan o'n t-saoghal: uime sin tha iad a' labhairt mu'n t-saoghal, agus tha'n saoghal ag éisdeachd riu.

6 Tha sinne o Dhia: an ti aig am bheil còlas air Dia, éisdidh e ruinne; an ti nach 'eil o Dhia, cha'n éisd e ruinn. O so aithnichidh sinn spiorad na fìrinn, agus spiorad an t-seachar-ain.

7 A mhuinntir ionmhuinn, gràdh-àicheamaid a chèile: oir is ann o Dhia tha'n gràdh; agus gach neach a ghràdhaicheas, ghineadh o Dhia e, agus is aithne dha Dia.

8 An ti nach gràdhaich, cha'n aithne dha Dia; oir is gràdh Dia.

9 An so dh'fhoillsicheadh gràdh Dhé dhuinne, do bhrìgh gu'n do chuir Dia aon-ghin Mhic do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beo trìdsan.

10 An so a ta gràdh, cha'n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'na iobairt-réitich air sòn ar peacaidh.

11 A mhuinntir ionmhuinn, ma ghràdhaich Dia sinne mar sin, tha dh'fhiachaibh oirnne chèile a ghràdhachadh mar an ceudna.

12 Cha'n fhaca neach air bith Dia riamh. Ma ghràdhaicheas sinn a chèile, tha Dia 'na chòmh-nuidh annainn, agus tha a ghràdh air a choimhlionadh annainn.

13 O so is aithne dhuinn gu bheil sinne 'nar còmh-nuidh annsan, agus esan annainne, do bhrìgh gu'n d'thug e dhuinn d'a Spiorad.

14 Agus chunnaic sinn agus tha sinn a' deanamh fianuis, gu'n do chuir an t-Athair am Mac uaith gu bhi 'na Shlànuighear an domhain.

15 Ge b'e neach a dh'aidicheas gur e Iosa Mac Dhé, tha Dia 'na chòmh-nuidh annsan, agus esan ann an Dia.

16 Agus dh'aithnich sinne agus chreid sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia; agus an ti a tha fantuinn ann an gràdh, tha e 'na chòmh-nuidh ann an Dia, agus Dia annsan.

17 An so tha ar gràdhne air a dheanamh coimhlionta, chum gu'm bi againn dànachd ann an là a' bhreitheanais: do bhrìgh mar a tha esan, gur amhuil sin a tha sinne anns an t-saoghal so.

18 Cha'n 'eil eagal ann an gràdh; ach tilgidh gràdh dìongmhalta<sup>o</sup> an t-eagal a mach; do bhrìgh gu bheil pian san eagal: an ti a tha eagalach,

cha d'rinneadh coimhlionta ann an gràdh e.

19 Tha gràdh againne dhasan, do bhrìgh gu'n do ghràdhaich esan sinne an toiseach.

20 Ma their neach, Tha gràdh agam do Dhia, agus fuath aige d'a bhràthair, is breugaire e: oir an ti nach gràdhaich a bhràthair a chunn-aic e, cionnus a dh'fheudas e Dia nach fac e, a ghràdhachadh?

21 Agus an àithne so tha againn uathsan, An ti a ghràdhaicheas Dia, gu'n gràdhaich e a bhràthair mar an ceudna.

## C A I B. V.

1 *An ti leis an ionmhuinn Dia, is ionmhuinn leis a chlann, agus coimhididh e àitheantan, a ta eutrom, so-choimhead do na creid-mhich. 9'Se Iosa Mac Dhé, agus tha e comasach air sinne a shlànuchadh, 14 agus air ar n-ùrnuighean a fhreagairt, a ni sinn air ar son féin, agus air son muinntir eile.*

**G**E b'e neach a chreideas gur e Iosa an Criosd, ghineadh o Dhia e; agus ge b'e ghràdhaicheas an ti a ghin, gràdhaichidh e mar an ceudna an ti a ghineadh leis.

2 O so is aithne dhuinn gu bheil gràdh againn do chloinn Dé, 'nuair a ghràdhaicheas sinn Dia, agus a choimhideas sinn àitheanta.

3 Oir is e so gràdh Dhé, sinn a choimhead àitheanta: agus cha 'n'eil àitheanta-san trom p.

4 Oir gach uile ni a ghinear o Dhia, bheir e buaidh air an t-saoghal: agus is i so a' bhuaidh a bhuadhaicheas air an t-saoghal, eadhon ar creid-imhne.

5 Cò an ti a bhuadhaicheas air an t-saoghal, ach esan a tha creidsinn gur e Iosa Mac Dhé?

6 Is e so esan a thainig trid uisge agus trid fhuil, Iosa Criosd; ni h-e trid uisge mhàin, ach trid uisge agus fuil: agus is e'n Spiorad a ni fianuis, do bhrìgh gur fìrinn an Spiorad.

7 Oir tha triuir a' tha deanamh fianuis air nèamh, an t-Athair, am

Focal, agus an Spiorad naomh: agus an triuir sin is aon iad.

8 Agus tha triuir a tha deanamh fianuis air an talamh, an Spiorad, agus an t-uisge, agus an fhuil: agus thig an triuir sin r'a chéile ann an aon.

9 Ma ghabhas sinn ri fianuis dhaoine, 'si fianuis Dé a's mò: oir is i so fianuis Dé, a thug e mu thim-chioll a Mhic.

10 An ti a chreideas ann am Mac Dhé, tha 'n fhianuis aige ann féin: an ti nach creid Dia, rinn e breugaire dheth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianuis a rinn Dia mu thim-chioll a Mhic.

11 Agus is i so an fhianuis, gu'n d'thug Dia dhuinn beatha mhair-eannach: agus tha a' bheatha so 'na Mhac.

12 An ti aig am bheil am Mac, tha beatha aige: an ti aig nach 'eil Mac Dhé, cha 'n'eil beatha aige.

13 Na nithe so scriobh mi d'ar n-ionnsuidh a tha creidsinn ann an ainm Mic Dhé; chum gu'm bi fios agaibh gu bheil a' bheatha mhair-eannach agaibh, agus chum as gu'n creid sibh ann an ainm Mic Dhé.

14 Agus is e so an dòchas a ta againn annsan, ma dh'iarras sinn ni sam bith a réir a thoile, gu'n éisd e ruinn.

15 Agus ma ta fhios againn gu'n éisd e ruinn, ge b'e ni a dh'iarras sinn, tha fhios againn gu bheil ar n-iarrtais a dh'iarr sinn air againn.

16 Ma chi neach sam bith a bhràthair a' peacadhadh peacaidh nach 'eil a chum bàis, iarraidh e, agus bheir e beatha dha, dhoibhsan nach 'eil a' peacadhadh chum bàis. Tha peacadh chum bàis ann: a thaobh sin, ni'n abram gur còir dha guidh-eadh.

17 Is peacadh gach uile eucoir: agus tha peacadh ann nach 'eil a chum bàis.

18 Tha fhios againn ge b'e neach a ghineadh le Dia, nach peacaich e; ach an ti a ghineadh o Dhia, coimhididh se e féin, agus cha bhean an droch aon ris.



19 Tha fhios againn gur ann o Dhia a tha sinne, agus tha'n saoghal uile na luidhe san olc.

20 Agus tha fhios againn gu'n d'thainig Mac Dhé, agus gu'n d'thug e tuisge dhuinn, chum gu'm b'aithne

dhuinn esan a ta fìor: agus tha sinne annsan a ta fìor, ann a Mhac Iosa Crìosd. Is e so an Dia fìor, agus a' bheatha mhaireannach.

21 A chlann bheag, coimhidibh sibh fèin o ìodholaibh. Amen.

## DARA LITIR AN ABSTOIL EOIN.

### C A I B. I.

1 Tha e comhairleachadh do mhnaiòir dirdheirc àraidh agus d'a cloinn buanachadh anns a' chreidimh agus ann an gràdh Crìosdaidh, 8 an t-cagal gu'n cailleadh iad duals na h-aidmheil a rinn iad roimhe; &c.

**A**N seanair chum na baintighearna taghta, agus chum a cloinne, a's ionmhuinn leamsa anns an fhìrinn; agus cha'n ann leamsa mhàin, ach leo-san uile mar an ceudna a ghabh eòlas air an fhìrinn;

2 Air son na fìrinn a thà 'na còmhnuidh annainne, agus a bhios maille ruinn gu bràth:

3 Gràs, trocair, agus sìth gu robh maille ribh o Dhia an t-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Crìosd Mac an Athair, ann am fìrinn agus ann an gràdh.

4 Bha gairdeachas mòr orm, do bhrìgh gu'n d'fhuair mi cuid do' chloinnsa ag imeachd anns an fhìrinn, a réir mar a fhuair sinne àithne o'n Athair.

5 Agus a nis guidheam ort, a bhaintighearn, cha'n e mar gu'n scriobhainn àithne nuadh chugad, ach an àithne a bha againn o thùs, gu'n gràdhaicheamaid a chéile.

6 Agus is e so an gràdh, gu'n imicheamaid a réir àitheanta-san.

'S i so an àithne, mar a chuala sibh o thùs, gu'n imicheadh sibh innte.

7 Oir tha mòran mhealltairean air teachd a steach do'n t-saoghal, nach 'eil ag aideachadh gu bheil Crìosd air teachd san fheòil. Is mealltair so agus anacriosd.

8 Thugaibh aire dhuibh fèin, nach caill sinn<sup>r</sup> na nithe sin a shaothraich sinn<sup>s</sup>, ach gu faigh sinn làn duals.

9 Ge b'e neach a bhriseas an lagh, agus nach fan ann an teagasg Chrìosd, cha 'n eil Dia aige: an ti a dh'fhanas ann an teagasg Chrìosd, tha araon an t-Athair agus am Mac aige.

10 Ma thig neach air bith d'ar n-ionnsuidh, agus nach toir e an teagasg so leis, na gabhaibh e steach d'ar tigh, agus na abraibh ris, Gu ma subhach dhuit<sup>t</sup>.

11 Oir ge b'e neach a their ris, Gu ma subhach dhuit, tha comhpairt aige d'a dhroch oibribh.

12 Air dhomh mòran a bhi agam r'a scriobhadh chugaibh, cha b'àill leam scriobhadh le paipeir agus dubh; ach tha dòchas agam teachd d'ar n-ionnsuidh, agus labhairt beul ri beul, chum gu'm bi ar gairdeachas coimhlionta.

13 Tha clann do pheathar taghta a' cur fàilte ort. Amen.

<sup>r</sup> sibh. <sup>s</sup> bhuannuich sibh. <sup>t</sup> Gu'n soirbhichear leat.

## TREAS LITIR AN ABSTOIL EOIN.

## CAIB I.

1 *Tha e a' moladh Ghaiuis air son a dhiadhachd, 5 agus aoidheachd do'n fhìor luchd-teagaisg; 9 agus air an làimh eile a' deanamh gear-ain air gnàthachadh mi-chàirdeil Dhiotrepheis uaibhrich; &c.*

**A**N seanair chum Ghaiuis ghràdh-aich, a's ionmhuinn leam san fhìrinn.

2 A bhràthair ghràdhaich, 'se mo ghuidheadh thaobh<sup>u</sup> gach uile ni gu'n soirbheachadh leat agus gu'm biodh tu slàn, mar a ta soirbheachadh le t' anam.

3 Oir rinn mi gairdeachas gu mòr 'nuair a thainig na bràithrean, agus a rinn iad fianuis do'n fhìrinn a tha annadsa<sup>a</sup>, mar a ta thusa 'g imeachd san fhìrinn.

4 Cha 'n'eil gairdeachas agam a's mò na bhli cluinntinn gu bheil mo ehlann ag imeachd san fhìrinn.

5 A bhràthair ghràdhaich, is dileas a ni thu gach ni a ta thu deanamh do na bràithribh, agus do choigrich;

6 Muinntir a rinn fianuis air do ghràdh an làthair na h-eaglaise: ma bheir thu air an aghaidh iad 'nan slighe mar is cubhaidh do Dhia, is maith a ni thu:

7 Oir chaidh iad a mach air sgàth ainme-san, gun ni air bith a ghabhail o na Cinnich.

8 Uime sin tha dh'fhiachaibh oirnne gabhail r'an leithidibh sin, chum gu'm bitheamaid 'nar comh-shaothraichibh do'n fhìrinn.

9 Scriobh mi<sup>b</sup> chum na h-eaglaise: ach cha ghabh Diotrephes, leis am miann àrd-cheannas a bhi aige 'nam measg, ruinne.

10 Uime sin ma thig mi, cuiridh mi an cuimhne<sup>c</sup> oibre a ta e deanamh, a' bith-labhairt 'nar n-aghaidh le briathraibh aingidh<sup>d</sup>: agus cha leoir leis sin, ach ni mò a tha e féin a' gabhail ris na bràithribh, agus tha e a' bacadh na droinge leis am b'àill, agus 'gan tilgeadh mach as an eaglais.

11 A bhràthair ghràdhaich, na lean an ni a ta olc, ach an ni a ta maith. An ti a ni, maith, is ann o Dhia a ta e: ach an ti a ni olc, cha'n fhac e Dia.

12 Tha deadh theistean air Demetrius o na h-uile, agus o'n fhìrinn féin: agus tha sinne mar an ceudna a' deanamh fianuis, agus tha fios agaibh gu bheil ar fianuisne fìor.

13 Bha mòran agam r'a scriobhadh, ach cha 'n àill leam scriobhadh le dubh agus peann a' t'ionnsuidh:

14 Ach tha dòchas agam t'fhaicinn gun dàil, agus labhraidh sinn beul ri beul. Sìothchaint maille riut. Tha na càirdean a' cur fàilte ort. Cuir fàilte air na càirdibh air an ainm.

<sup>u</sup> roimh. <sup>a</sup> do t'fhìrinn-sa. <sup>b</sup> Scriobhainn. <sup>c</sup> cuimhnichidh mi.

<sup>d</sup> naimhdeil, mìorunach.



## LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL IUDAIS.

## C A I B. I.

1 Tha e 'gam brosnachadh gu bhi bunaiteach ann an aidmheil a' chreidimh, 4 Tha luchd-teagaisg bréige air teachd a steach 'nam measg chum am mealladh; agus tha peanas ro eagalach air ulluchadh fa chomhair na muinntir sin, air son an droch theagaisg agus an caitheadh-bcatla mhi-naomha: &c.

**I**UDAS seirbhiseach Iosa Crìosd, agus bràthair Sheumais, chum na droinge a tha air an naomhachadh le Dia an t-Athair, agus air an coimhead le Iosa Crìosd, air an gairm:

2 Gu robh tròcair, agus sìth, agus gràdh air am meudachadh dhuibh-se,

5 A mhuinntir ionmhuinn, air dhomh an uile chabhag<sup>e</sup> a dheanamh chum scriobhadh d'ar n-ionnsuidh mu thimchioll na slàinte choitichionn<sup>f</sup>, b'fheumail domh scriobhadh d'ar n-ionnsuidh, 'gar n-earalachadh<sup>g</sup> sibh a chathachadh gu dìchiollach air son a' chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh.

4 Oir dh'eulaigh<sup>h</sup> daoine àraidh a steach, a dh'orduicheadh roimhe<sup>i</sup> o shean chum an dithidh so, daoine mì-dhiadhaidh, a' tionndadh gràis ar Dé-ne gu macnus, agus ag àicheadh Dhé, a's aon Uachdaran ann, agus ar Tigh-earna Iosa Crìosd.

5 Uime sin is àill leam bhur cur an cuimhne, ge do bha fhios agaibh aon uair<sup>j</sup> air so, cionuus an déigh do'n Tighearn am pobull a shaoradh a tìr na h-Eiphit, a sgrios e an déigh sin an droing nach do chréid.

6 Agus na h-aingil nach doghleidh an ceud inbhe, ach a dh'fhàg an àite-còmhnuidh féin, choimhid e ann an geimhlibh sìorruidh fuidh dhorchadas, fa chomhair breitheanais an là mhòir.

7 Amhuil a ta Sodom agus Gomorra, agus na bailte mu'n cuairt orra, a thug iad féin thairis do strìopachas air a' mhodh cheudna, agus a bha leantuinn feòla coimhich, air an cur suas 'nam ball-sampuill<sup>m</sup> a' fulang dioghaltais teine shiorruidh.

8 Mar an ceudna fòs tha an luchd-bruadair<sup>n</sup> sin a' salachadh na feòla, a' deanamh tàir air uachdaranachd, agus a' labhairt gu toibheumach<sup>o</sup> air àrd-inbhibh.

9 Gidheadh cha do ghabh Michael an t-àrd-aingeal, 'nuair a chathaich e 'n aghaidh an diabhoil, agus a rinn e deasboireachd mu chorp Mhaois, dānadas air casaid thoibheumach a thoirt 'na aghaidh, ach thubhairt e, Gu cronuicheadh an Tighearn thu!

10 Ach tha'n droing sin a' labhairt gu toibheumach air na nithibh<sup>p</sup> nach aithne dhoibh: ach na nithe sin a's aithne dhoibh air mhodh nàdurra, mar ainmhidhibh gun reuson, tha iad 'gan truailleadh féin annta.

11 Is anaoibhinn doibh! oir dh'imich iad ann an slighe Chain, agus ruith iad gu togarrach ann an seacharan Bhalaaim air ghaol tuarasdail, agus sgriosadh iad ann an anacainnt cheannarcaich Chore.

12 Is smala iad sin ann bhur cuirmibh gràidh, 'nuair a tha iad air cuirmibh maille ribh, 'gam beathachadh féin gun eagal: is neoil iad gun

<sup>e</sup> dhìchioll. <sup>f</sup> chumanta. <sup>g</sup> a' cur impidh oirbh. <sup>h</sup> ghoid. <sup>i</sup> a scriobhadh roimhe. <sup>j</sup> roimhe. <sup>m</sup> 'nan samhlachas. <sup>n</sup> luchd-bruadair neo-ghlan. <sup>o</sup> gu tàir-chainnteach, maslach. <sup>p</sup> labhairt uile mu na nithibh.

uisge, air an giùlan mu'n cuairt le gaothaibh; craobhan searg-mheasach, gun toradh; da uair marbh, air an spionadh as am freumhaibh;

15 Garbh thonna<sup>r</sup> na fairge, a sgeitheas an nàire féin mar chobhar; reulta seachranach, d'am bheil duibhre an dorchadais gu sìorruidh air a thasgaidh.

14 Agus rinn Enoch mar an ceudna, an seachdamh pearsa o Adhamh, fàidheadaireachd orra sin, ag ràdh, Feuch, tha'n Tighearn a' teachd le dheich mìlteibh naomha<sup>s</sup>,

15 A dheanamh breitheanais air na h-uile, agus chum iadsan uile a tha mi-dhiadhaidh 'nam measg fhàgail ris, a thaobh an uile ghnìomhara mi-dhiadhaidh a rinn iad gu mi-dhiadhaidh, agus a thaobh an uile bhriathar cruaidh, a labhair peacaich mi-dhiadhaidh 'na aghaidh.

16 Is luchd cànrain agus gearain an droing so, a tha 'g imeachd a réir an anamhiann féin; agus tha'm beul a' labhairt bhriathar atmhor<sup>t</sup>, agus iad a' gabhail iongantais<sup>u</sup> do phearsaibh dhaoine air sgàth buannachd.

17 Ach cuimhnichibhse, a mhuinntir mo ghràidh, na focail a labhradh roimhe le abstolaibh ar Tighearna Iosa Crìosd:.

18 Mar a thubhairt iad ribh, gu'm biodh anns an aimsir dheireannaich luchd-fanoid, a ghluaiseadh a réir an anamhianna mi-dhiadhaidh féin.

19 'S iad sin an dream a sgaras iad féin o chàch, collaidh<sup>a</sup>, gun an Spiorad aca.

20 Ach air bhi dhuibhse, a mhuinntir ionmhuinn, 'gar togail féin suas ann bhur creidimh ro naomha, a' deanamh ùrnuigh san Spiorad naomh,

21 Coimhidibh sibh féin ann an gràdh Dhé, le sùil ri tròcair ar Tighearna Iosa Crìosd chum na beatha maireannaich.

22 Agus gabhaibh truas do dhream àraidh, a' deanamh eadar-dhealachaidh:

23 Agus tearnaibh dream eile le h-eagal, 'gan spionadh as an teine; a' fuathachadh eadhon an eudaich air am bheil smal na feòla<sup>b</sup>.

24 A nis dhasan a tha comasach air bhur gleidheadh o thuisleadh, agus bhur cur gu neo-lochdach an làthair a ghlòire le h-aoibhneas ro mhòr,

25 Do'n Dia a ta mhàin glic, ar Slànuighear, gu robh glòir agus mòralachd, neart<sup>c</sup> agus cumhachd, a nis agus air feadh nan uile linn. Amen.

## TAISBEANADH EOIN AN DIADHAIR.

### C A I B. I.

4 Tha Eoin a' scrìobhadh a thaisbeanaidh chum seachd eaglaisean na h-Asia, a tha air an ciallachadh leis na seachd coinnleiribh òir. 7 Teachd Chrìosd: 14 A chumhachd glòrnihor, agus a mhòralachd.

**T**AISBEANADH Iosa Crìosd, a thug Dia dhia, a dh'fhoillseachadh d'a sheirbhisich nithe a's

éigin teachd gu crìch ann an aithghearr; agus chuir e teachdoireachd uaidh, agus le aingeal féin dh'fhoillsich e iad d'a sheirbhiseach Eoin:

2 A rinn fianuis air focal Dé, agus air teisteanas Iosa Crìosd, agus air gach ni a chunnaic e.

3 Is beannuichte an ti a leughas, agus iadsan a dh'éisdeas ri briathraibh na fàidheadaireachd so, agus a

<sup>r</sup> Fiadh thonna. <sup>s</sup> le deich mìlteibh d'a naomhaibh, <sup>t</sup> uaibhreach. <sup>u</sup> a' toirt mòr mheas. <sup>a</sup> nàdurra. <sup>b</sup> a ta air a shalachadh leis an fhèidil.

<sup>c</sup> tighearnas, uachdaranachd.



choimhideas na nithe a tha scrìobhta innte: oir tha'n t-àm ann fagus.

4 **E**OIN chum nan seachd eaglais a ta san Asia: Gràs dhuibh, agus sìth o'n ti a ta, agus a bha, agus a ta ri teachd; agus o na seachd spioradaibh a tha'm fianuis a righ-chaitheachsan;

5 Agus o Iosa Crìosd, an fhianuis fhìor, an ceud-ghin o na marbhaibh, agus uachdaran rìghre na talmhainn: Dhasan a ghràdhaich sinn, agus a dh'ionnlaid sinn o ar peacaibh 'na fhuil féin,

6 Agus a rinn rìghre dhinn agus sagarta do Dhia agus d'a Athairsan; dhasan *gu robh* glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen.

7 Feuch, tha e teachd le neulaibh; agus chi gach sùil e, agus iadsan *mar an ceudna* a lot ed: agus ni uile threubha na talmhainn caoidh air a shonsan: gu ma h-amhluidh a bhith-eas, Amen.

8 Is mise Alpha agus Omega, an toiseach agus an deireadh, a deir an Tighearna, a ta, agus a bha, agus a ta ri teachd, an t-Uile-chumhachdach.

9 Bha mise Eoin, bhur dearbh-bhràthair, agus bhur companach ann an àmhghar, agus ann an rioghachd agus am foighidin Iosa Crìosd, anns an eilean<sup>e</sup> d'an goirear Patmos, air son focail Dé, agus air son fianuis Iosa Crìosd.

10 Bha mi san Spiorad air là an Tighearna, agus chuala mi air mo chulaobh guth mòr. *mar ghuth* tromp-aide,

11 Ag ràdh, Is mise Alpha agus Omega, an ceud neach agus an neach deireannach: agus, Scrìobhsa ann an leabhar an ni a chi thu, agus cuir e chum nan seachd eaglais a tha san Asia; chum Ephesus, agus chum Smirna, agus chum Phergamois, agus chum Thiatira, agus chum Shardis, agus chum Philadelphia, agus chum Laodicea.

12 Agus thionndaidh mi a dh'fhaicinn a ghutha a labhair rium. Agus air tionndadh dhomh, chunnaic mi seachd coinnleirean òir;

13 Agus am meadhon nan seachd coinnleir, *neach* cosmhuil ri Mac an duine, air an robh eudach a rainig sìos gu shàilibh, agus crioslaichte<sup>f</sup> le crios òir mu chìochaibh.

14 *Bha* a cheann agus fholt geal mar oluinn ghil, mar shneachda; agus a shùilean mar lasair theine;

15 Agus a chosa cosmhuil ri umha<sup>g</sup> fìor-ghlan, mar gu'm bitheadh iad a' dearg-losgadh ann an àmhuinn; agus a ghuth mar thoirm mhòrain uisgeacha.

16 Agus bha aige 'na làimh dheis seachd reulta: agus claidheamh geur dà fhaobhair a' teachd a mach as a bheil: agus *bha* ghnùis mar a' ghrian a' dealrachadh 'na làn neart.

17 Agus an uair a chunnaic mi e, thuit mi sìos aig a chosaibh an riochd mairbh: agus chuir e a làmh dheas orm, ag ràdh rium, Na biodh eagal ort: is mise an ceud neach agus an neach deireannach.

18 *Is mi* an ti a ta beo, agus a bha marbh; agus feuch, tha mi beo gu saoghal nan saoghal, Amen; agus tha iuchraiche ifrinn<sup>h</sup> agus a' bhàis agam.

19 Scrìobh na nithe a chunnaic thu, agus na nithe a ta ann, agus na nithe a bhith-eas an déigh so:

20 Rùn-diombhair nan seachd reult a chuanaic thu ann am làimh dheis, agus nan seachd coinnleir òir. Is iad na seachd reulta, aingil nan seachd eaglais: agus is iad na seachd coinnleirean a chunnaic thu, na seachd eaglaisean.

## C A I B. II.

*Cìod a dh'àithneadh do Eoin a scrìobhadh chum aingle (is iad sin, minist-eirean) nan eaglais* 1 *Ephesus*, 8 *Smirna*, 12 *Phergamois*, 18 *Thiatira*: agus cìod a ta air a mholadh, no a fhuaradh uireasbhuidheach annasan.

**C**HUM aingil i eaglaise Ephesus, Scrìobh, is iad so na nithe a deir an ti a tha cumail nan seachd reult 'na làimh dheis, a tha 'g imeachd ann am meadhon nan seachd coinnleir òir;

d a throimh-lot, a shàth e trid. e oilean, innis. f criosraichte. g prais.

h na h-uaghe, an t-saoghail ri teachd. i theachdoire.

2 Is aithne dhomh t'òibre, agus do shaothair, agus t'fhoighidin, agus nach urrainn thu giùlan leo-san a tha olc; agus gu'n do dhearbhu thu iadsan a their gur abstoil iad féin, agus nach eadh, agus gu'n d'fhuair thu iad breugach;

3 Agus gu'n do ghiùlain thu, agus gu bheil foighidin agad, agus air sgàth m'ainme-se gu'n d'rinn thu saothair, agus nach d'thug thu thairis.

4 Gidheadh, tha agam a' t'aghaidh, gu'n do thréig thu do cheud ghràdh.

5 Cuimhnich uime sin cia uaith a thuit thu, agus gabh aithreachas, agus dean na ceud oibre; no thig mi ort gu grad, agus atharraichidh mi do choinnleir as àit, mur gabh thu aithreachas,

6 Ach a ta so agad, gur fuathach leat oibre nan Nicolaiteach, nithe mar an ceudna a's fuathach leamsa.

7 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh; Do'n ti a bhuadhaicheas bheir mise r'a itheadh do chraoibh na beatha, a tha ann am meadhon phàrrais Dé.

8 Agus chum aingil eaglaise Smirna, scriòbh, Na nithe so a their esan a's e'n ceud neach agus an neach deireannach, a bha marbh, agus a tha beo;

9 Is aithne dhomh t'òibre, agus t'àmhghar, agus do bhoichdainn, (gidheadh a ta thu beartach<sup>1</sup>) agus is aithne dhomh toibheum na muinntir a their gur Iudhaich iad féin, agus nach eadh, ach sionagag Shatain.

10 Na biodh eagal ort roimh aon do na nithibh sin a dh'fhuilingeas tu: feuch, tilgidh an diabhol cuid dhibh ann am prìosun, chum gu'n dearbhar sibh; agus bithidh àmhghar<sup>m</sup> agaibh rè dheich làithean: bi-sa fìrinneach gu bàs, agus bheir mise dhuit crùn na beatha.

11 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh: An ti a bheir buaidh, cha chiurrar leis an dara bàs e.

12 Agus chum aingil na h-eaglaise a ta ann am Pergamos, scriobh, Na

nithe so deir esan, aig am bheil an claidheamh geur dà fhaobhair:

13 Is aithne dhomh t'òibre, agus c'àit am bheil thu a'd' chòmhnuidh, eadhon far am bheil caithir Shàtain: agus a ta thu a' cumail m'ainme-se gu daingean, agus cha d'àicheadh thu mo chreidimh, eadhon anns na làithibh sin anns an robh Antipas 'na fhianuis<sup>n</sup> fhìrinneach dhomh, a mharbhadh 'nar measg, far am bheil Sàtan 'na chòmhnuidh.

14 Gidheadh, tha beagan agam a' t'aghaidh, do bhrìgh gu bheil agad an sin an droing a tha cumail teagaisg Bhalaaim, a theagaisg do Bhalac ceap-tuislidh a chur roimh chloinn Israèil, chum nithe a dh'ìobradh do ìodholaibh itheadh, agus strìopachas a dheanamh.

15 Is amhuil sin a ta agad mar an ceudna an dream a tha cumail teagaisg nan Nicolaiteach, ni a's fuathach leamsa.

16 Dean aithreachas, no thig mi a' t'ionnsuidh gu grad, agus cogaidh mi 'nan aghaidh le claidheamh mo bheoil.

17 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh: Do'n ti a bhuadhaicheas bheir mi r'a itheadh do'n mhana fholuichte, agus bheir mi dha clach gheal, agus air a' chloich ainm nuadh scriobhta, nach aithne do neach air bith, ach do'n ti a gheibh i.

18 Agus chum aingil na h-eaglaise a ta ann an Tiatira, scriobh, Na nithe so deir Mac Dhé, aig am bheil a shùilean mar lasair theine, agus a chosan mar umha fìor-ghlan;

19 Is aithne dhomh t'òibre, agus do ghràdh, agus do fhrithealadh<sup>o</sup>, agus do chreidimh, agus t'fhoighidin, agus t'òibre deireannach; gu bheil iad nì's mò na do cheud oibre.

20 Gidheadh, tha agam beagan do nithibh a' t'aghaidh, gu bheil thu a' fulang do'n mhnaoi sin Iesebel, a their gur ban-fhàidh i féin, mo sheirbhisich a theagasg agus a mhealladh chum strìopachas a dheanamh, agus nithe a dh'ìobradh do ìodholaibh itheadh.

21 Agus thug mi dhi ùine gu

<sup>1</sup> saibhir. <sup>m</sup> trioblaid. <sup>n</sup> 'na mhairtireach. <sup>o</sup> sheirbhis, mhinistireachd.



aithreachas a ghabhail d'a strìopachas, agus cha do ghabh i aithreachas.

22 Feuch, tilgidh mi i ann an leabaidh, agus iadsan a tha deanamh adh-altrannais rithe ann an àmhghar mòr, mur gabh iad aithreachas d'an gnìomharaibh.

23 Agus marbhaidh mi a clann leis a' bhàs; agus bithidh fhios aig na h-eaglaisibh uile gur mise an ti sin a sgrùdas na h-àirnean agus na cridheachan: agus bheir mi do gach aon agaibhse a réir bhuir n-òibre.

24 Ach ribhse a deiream, agus ris a' chuid eile ann an Tiatira, Mheud aig nach 'eil an teagasg so, agus do nach b'aithne doimhne Shàtain, mar a their iad, cha chuir mi uallach eile oirbh,

25 Ach cumaibh gu daingean an ni a ta agaibh, gus an d'thig mi.

26 Agus an ti a bhuadhaicheas, agus a ghleidheas m'òibre gus a' chrìoch, dhasan bheir mi cumhachd os ceann nan Cinneach:

27 (Agus riaghlaidh e iad le slait iarunn: mar shoithichibh creadha brisear 'nam bloighdibh iad) amhuil a fhuair mise o m' Athair.

28 Agus bheir mi dha reult na maidne.

29 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh.

### C A I B. III.

1 *Tha aingeal eaglaise Shardis air a chronachadh, 3 air earalachadh gu h-aithreachas, agus air a bhagairt mur dean e aithreachas. 8 Tha aingeal eaglaise Philadelphia uir a mholadh air son a dhìchill agus fhoighidin. 15 Tha aingeal eaglaise Laodicea air a chronachadh a chionn nach robh e fuar no teth, &c.*

**A** GUS chum aingil na h-eaglaise a tha ann an Sardis, scriobh, Na nithe so deir an ti aig am bheil seachd spiorada Dhé, agus na seachd reulta; Is aithne dhomh t'òibre, gu bheil ainm agad, gu bheil thu beo, gidheadh a ta thu marbh.

2 Bi faireil, agus neartaich a' chuid eile a ta ullamh gu bàsachadh: oir

cha d'fhuair mi t'òibre coimhlionta am fianuis Dé.

3 Cuimhnich uime sin cionnus a fhuair agus a chuala tu, agus gleidh p, agus gabh aithreachas. Uime sin mur dean thu faire, thig mi ort mar ghaduiche, agus cha bhi fios agad ciod i an uair anns an d'thig mi ort.

4 Tha beagan ainmeanna agad eadhon ann an Sardis, nach do shal-aich an eudach; agus imichidh iad maraon riumsa ann an *culaidhibh* geala: oir is airdh<sup>r</sup> iad.

5 An ti a bheir buaidh, sgeadaichear e ann an eudach geal; agus cha dubh mi mach ainm a leabhar na beatha, ach aidichidh mi ainmsan am fianuis m' Athar, agus am fianuis ainglesan.

6 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ris an ni a deir an Spiorad ris na h-eaglaisibh.

7 Agus chum aingil na h-eaglaise ann am Philadelphia, scriobh, Na nithe so deir an ti naomha, an ti fìor, an ti aig am bheil iuchair Dhaibhidh, an ti a dh'fhosglas, agus cha dùin neach air bith; agus a dhùineas, agus cha'n fhosgail neach air bith:

8 Is aithne dhomh t'òibre: feuch, chuir mi dorus fosgailte romhad, agus cha'n urradh neach air bith a dhùnadh: oir a ta neart beag agad, agus ghleidh thu m'fhocal, agus cha d'àich-eadh thu m'ainm.

9 Feuch, bheir mise orrasan do shionagag Shàtain (a their gur Iudhaich iad fèin, agus nach eadh, ach a ta deanamh bréige) feuch, bheir mise orra gu'n d'thig iad agus gu'n dean iad aoradh aig do chosaibh, agus gu'm bi fios aca gu'n do ghràdhaich mise thu.

10 A chionn gu'n do ghleidh thu focal m'fhoighidinse, gleidhidh mise thusa mar an ceudna o uair a' bhuairidh, a thig air an t-saoghal uile, a dhearbhadh na muinntir sin a tha 'nan còmhuidh air an talamh.

11 Feuch, tha mi a' teachd gu gràd: dean greim daingean air na bheil agad, chum nach glac neach air bith do chrùn.

12 An ti a bheir buaidh, nì mi e

'na phost<sup>s</sup> ann an teampull mo Dhé, agus cha d'théid e ní's mò a mach as: agus scrìobhaidh mi ainm mo Dhé air, agus ainm cathrach<sup>b</sup> mo Dhé, a's i Ierusalem nuadh, a thig a nuas o nèamh o m' Dhia: agus scrìobhaidh mi m'ainm nuadh féin air.

13 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a deir an Spiorad ris na h-eaglaisibh.

14 Agus chum aingil na h-eaglaise ann an Laodicea, scrìobh, Na nithe so deir an Amen, an fhianuis dhileas agus fhìrinneach, toiseach cruthachaidh Dhé;

15 Is aithne dhomh t'òibre, nach 'eil thu aon chuid fuar no teth: b'fhearr leam gu'm bitheadh tu fuar no teth.

16 Uime sin do bhrìgh gu bheil thu meagh-bhlàth, agus nach 'eil thu aon chuid fuar no teth, sgeithidh mi thu mach as mo bheil.

17 Do bhrìgh gu bheil thu ag ràdh, Tha mi beartach, agus air fàs saibhir, agus gun fheum agam air nì sam bith; agus gun fhios agad gu bheil thu dòruinneach<sup>u</sup>, agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd.

18 Comhairlicheam dhuit òr<sup>a</sup> cheannach uamsa, air a dhearbhadh san teine, chum as gu'm bi thu saibhir; agus eudach geal, chum gu'n còmhdaichear thu, agus nach bi nàire<sup>a</sup> do lomnochduidh folkais-each; agus ùng do shùile le sàbh-shùil<sup>b</sup>, chum gur léir dhuit.

19 Mheud as is ionmhuinn leam, cronaicheam agus smachdaicheam; uime sin biodh agadsa teas-ghràdh, agus dean aithreachas.

20 Feuch, tha mi a'm' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh: ma dh'éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh ni mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumsa.

21 Do'n ti a bhuadhaicheas bheir mi comas suidhe maille riumsa air mo rìgh-chaitir, amhuil fòs a

bhuadhaich mise, agus a shuidh mi maille ri m'Athair air a rìgh-chaitir-san.

22 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ris an nì a deir an Spiorad ris na h-eaglaisibh.

## C A I B. IV.

2 Tha Eoin a' faicinn rìgh-chaitreach Dhé ann am flaitheamhnas. 4 Na ceithir seanaire fichead. 6 Na ceithir bheathaiche làn do shùilibh a' am beulaobh agus air an cùlaobh. 10 Tha na seanairean a' tilgeadh sìos an crùn, agus a' deanamh aoraidh do'n ti a bha 'na shuidhe air an rìgh-chaitir.

A N déigh so dh'amhaire mi, agus feuch, bha dorus fosgailte air nèamh; agus bha an ceud ghuth a chuala mi, mar fhuaim trompaid a' labhairt rium, ag ràdh, Thig a nìos an so, agus nochdaidh mise dhuit nithe a's éigin tachairt an déigh so.

2 Agus air ball bha mi san Spiorad: agus feuch, bha rìgh-chaitir air a suidheachadh air nèamh, agus bha neach 'na shuidhe air an rìgh-chaitir.

3 Agns bha an ti a shuidh, r'a amharc air, cosmhuil ri cloich Iaspir, agus Shardis: agus bha bogha-frois<sup>c</sup> timchioll na rìgh-chaitreach mu'n cuairt, cosmhuil, r'a fhaicinn, ri Emerald.

4 Agus timchioll na rìgh-chaitreach mu'n cuairt bha ceithir chaithriche fichead; agus air na caithrichibh chunnaic mi ceithir seanaire fichead 'nan suidhe, air an sgèdachadh ann an cùlaidhibh geala; agus bha aca air an cinn corona<sup>d</sup> òir.

5 Agus chaidh a mach as an rìgh-chaitir dealanaich, agus tairneanaich, agus guthanna: agus bha seachd lòchrain<sup>e</sup> theine a' dearg-lasadh am fianuis na rìgh-chaitreach, a's iad seachd spiorada Dhé.

6 Agus roimh an rìgh-chaitir bha faire ghlòine cosmhuil ri criostal: agus ann am meadhon na rìgh-chaitreach, agus mu'n cuairt do'n rìgh-chaitir, bha ceithir bheathaiche làn

<sup>a</sup> 'na charragh. <sup>t</sup> baile. <sup>u</sup> iargunach, àmhgharach. <sup>a</sup> gràineileachd.

<sup>b</sup> fobhair-shùil, sùil-leigheas. <sup>c</sup> bogha-uisge. <sup>d</sup> crùna.

<sup>e</sup> lamps. Sasg.



do shùilbh air am beulaobh agus air an cùlaobh.

7 Agus *bha* an ceud bheathach cosmhuil ri leòmhán, agus an dara beathach cosmhuil ri laogh, agus *bha* aig an treas beathach aghaidh mar dhuine, agus *bha* an ceathramh beathach cosmhuil ri iolair ag iteal-aich.

8 Agus aig na ceithir bheathaichibh, aig gach aon diubh fa leth, *bha* sea sgiathan mu'n cuairt da, agus *bha* iad làn do shùilbh an taobh a stigh; agus cha sguir iad a là no dh'oidhche, ag ràdh, Naomha, naomha, naomha, an Tighearn Dia uile-chumhachdach, a *bha*, agus a ta, agus a bhitheas.

9 Agus an uair a thug na beathaiche sin glòir, agus urram, agus buidheachas do'n ti a *bha* 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, a ta beo gu saoghal nan saoghal,

10 Thuit na ceithir seanaire fichead sìos an làthair an ti a *bha* 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus rinn iad aoradh dhasan a ta beo gu saoghal nan saoghal, agus thilg iad sìos an corona an làthair na rìgh-chaithreach, ag ràdh,

11 Is airidh f' thusa, a Thighearn, air glòir, agus urram, agus cumhachd fhaotainn; oir chruthaich thu na h-uile nithe, agus air son do thoilesa tha iad, agus chruthaicheadh iad.

#### C A I B. V.

1 An leabhar air a sheulachadh le seachd seulaibh, 9 a b'airidh a mhàin an t-Uan a mharbhadh air fhosgladh: 12 uime sin tha na seanairean a' toirt clùì dha, agus ag aideachadh gu'n do shaor e iad le fhuil féin.

**A** GUS chunnaic mi air làimh dheis<sup>§</sup> an ti a shuidh air an rìgh chaithir, leabhar scrìobhta san taobh a stigh dheth agus air a chùlaobh, air a sheulachadh le seachd seulaibh.

2 Agus chunnaic mi aingeal treun a' gairm le guth àrd, Cò a's airidh air an leabhar fhosgladh; agus air a sheulachan fhuasgladh?

3 Agus cha robh aon neach air nèamh, no air thalamh, no fuidh'n talamh comasach air an leabhar fhosgladh, no sealltuinn air.

4 Agus ghuil mi gu mòr, do bhrìgh nach d'fhuaradh aon neach a b'airidh air an leabhar fhosgladh, agus a leughadh, no sealltuinn air.

5 Agus thubhairt aon do na sean-airibh rium, Na guil: feuch, bhuadh-aich an Leòmhán a tha do thréibh Iuda, Freumh Dhaibhidh, air an leabhar fhosgladh, agus a sheachd seulachan fhuasgladh.

6 Agus dh'amhairc m' agus feuch, ann am meadhon na rìgh chaithreach, agus nan ceithir bheathaich, agus ann am meadhon nan seanair, Uan 'na sheasamh mar gu'm biodh e air a mharbhadh, aig an robh seachd adhaircean, agus seachd sùilean, a's iad seachd spiorada Dhé, a chuireadh a mach chum na talmhainn uile.

7 Agus thainig e, agus ghlac e an leabhar a deas làimh an ti a *bha* 'na shuidhe air an rìgh-chaithir.

8 Agus an uair a ghlac e'n leabhar, thuit na ceithir bheathaichean, agus na ceithir seanaire fichead sìos an làthair an Uain, agus aig gach aon diubh clàrsaichean, agus tùis-shoithichean òir làn do nithibh deadhbholaidh, nithe a's iad ùrnuighean nan naomh.

9 Agus chan iad òran nuadh, ag ràdh, Is airidh thusa air an leabhar a ghlacadh, agus a sheulachan fhosgladh, do bhrìgh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia le t'fhuil féin, as gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach;

10 Agus gu'n d'rinn thu rìghre dhinn agus sgarta d'ar Dia: agus rioghaichidh sinn air an talamh.

11 Agus dh'amhairc mi, agus chuala mi guth mhòrain aingeal timchioll na rìgh-chaithreach, agus nam beathach, agus nan seanair; agus b'e an àireamh deich mìle uair deich mìle, agus mìlte do mhìlthibh;

12 Ag ràdh le guth àrd, Is airidh an t-Uan a chaidh mharbhadh, air

cumhachd, agus saibhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh fhaotainn.

13 Agus chuala mi gach uile chreutair a ta air nèamh, agus air an talamh, agus fuidh'n talamh, agus a ta air a chuan, agus na h-uile nithe a ta annta, ag ràdh, Moladh agus urram, agus glòir, agus cumhachd, *gu robh* dhasan a ta 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal.

14 Agus thubhairt na ceithir bheathaiche, Amen. Agus thuit na ceithir seanaire fichead sìos, agus rinn iad aoradh dhasan a ta beo gu saoghal nan saoghal.

## C A I B. VI.

*Fosgladh nan seula an ordugh, agus cìod a lean air sin; &c.*

**A**GUS chunnaic mi, 'nuair a dh'fhosgail an t-Uan aon do na seulaibh, agus chuala mi aon do na ceithir bheathaichibh ag ràdh, mar le fuaim tairneanaich, Thig agus faic.

2 Agus chunnaic mi, agus feuch, each geal; agus bha aig an ti a shuidh air, bogha: agus thugadh dha crùn, agus chaidh e mach a' bhuaidhachadh, agus chum gu buadhaicheadh e.

3 Agus an uair a dh'fhosgail e'n dara seula, chuala mi an dara beathach ag ràdh, Thig, agus faic.

4 Agus chaidh each eile mach, a bha dearg; agus thugadh *cumhachd* dhasan a shuidh air, chum sìth a thoirt o'n talamh, ionnas gu marbhadh iad a chéile: agus thugadh claidheamh mòr dha.

5 Agus an uair a dh'fhosgail e an treas seula, chuala mi an treas beathach ag ràdh, Thig, agus faic. Agus dh'amhairc mi, agus feuch, each dubh, agus bha aig an ti a shuidh air, meidh <sup>h</sup> 'na làimh.

6 Agus chuala mi guth ann am meadhon nan ceithir bheathach ag ràdh, Tomhas cruineachd air son peghinn, agus tri tomhasan eòrna air phèginn; agus na dean cròn air an ola, no air an fhìon.

7 Agus an uair a dh'fhosgail e'n ceathramh seula, chuala mi guth a' cheathramh beathaich ag ràdh, Thig, agus faic.

8 Agus dh'amhairc mi, agus feuch, each glais; agus b'e ainm an ti a shuidh air, am Bàs, agus lean ifrinn! 'na chuideachd: agus thugadh dhoibhsan cumhachd chum marbhadh air a cheathramh cuid do'n talamh, le claidheamh, agus le gorta, agus le bàs d, agus le fiadh bheathaichibh na talmhainn.

9 Agus an uair a dh'fhosgail e an cùigeadh seula, chunnaic mi fuidh 'n altair, anama na muinntir sin a mharbhadh air son focail Dé, agus air son na fianuis a chum iad.

10 Agus ghlaodh iad le guth mòr, ag ràdh, Cia fhad a bhitheas, o Thighearna naomha agus fhìrinnich, gus an dean thu breitheanas, agus an dìol thu ar fuilne orrasan a ta 'nan còmhnuidh air an talamh?

11 Agus thugadh do gach aon diubh truscana fada geala, agus a dubhradh riu, iad a gabhail fois fathast rè ùine bhig, gus am biodh an comh-sheirbhisich mar an ceudna, agus am bràithrean a rachadh a mharbhadh mar a chaidh iadsan, air an coimhlionadh.

12 Agus dh'amhairc mi 'nuair a dh'fhosgail e an seathadh seula, agus feuch, bha crith mhòr thalmhainn ann, agus dh'fhàs a' ghrian dubh mar shaic-eudach ròin, agus dh'fhàs a' ghealach mar fhuil.

13 Agus thuit reulta nèimhe air an talamh, mar a thilgeas craobh-fhìge a fìgean anabaich, 'nuair a chrathar i le gaoith mhòir:

14 Agus chaidh nèamh thairis mar rola leabhar air fhilleadh air a chéile; agus dh'atharraicheadh gach beinn agus eilean as an ionadaibh féin:

15 Agus dh'fhòlaich rìghre na talmhainn, agus na daoine mòra, agus na daoine saibhre, agus na h-àrd cheannardan, agus na daoine cumhachdach, agus gach tràill<sup>n</sup>, agus gach duine saor, iad féin ann an uamhaibh agus ann an creagaibh nam beann;

<sup>h</sup> toimhsean. i uaine. i an uaigh.

<sup>m</sup> plàigh bhàsmhoir. <sup>n</sup> daor-dèglach.



16 Agus thubhairt iad ris na sléibhtibh agus ris na creagaibh, Tuitibh oirne, agus folaichibh sinn o ghnùis a ti a tha 'na shuidhe air an righ-chaithir, agus o fheirg an Uain?

17 Oir thainig latha mòr fheirge-san; agus cò a dh'fheudas seasamh?

### C A I B. VII.

3 Tha aingeal a' cur seula air seirbhisich Dhé 'nan eudanaibh. 4 Air-eamh na muinntir a sheulaicheadh: do threubhaibh Israel fa leth àir-eamh shonraichte, 9 do gach cinn-each eile cuideachd mhòr gun àir-eamh, a tha 'nan seasamh an làthair na righ-chaithreach, air an sgeadachadh ann an truscanaibh geala, &c.

**A**GUS an déigh nan nithe sin chunnaic mi ceithir aingil 'nan seasamh air ceithir oisinnibh na talmhainn, a' cumail ceithir gaothanna na talmhainn, chum nach séideadh a' ghaoth air an talamh, no air an fhairge, no air aon chraoibh.

2 Agus chunnaic mi aingeal eile ag éirigh o'n àird an ear, aig an robh seula an Dé bheo: agus ghlaodh e le guth mòr ris na ceithir aingil, d'an d'thugadh cumhachd cron a dheanamh air an talamh agus air an fhairge,

3 Ag ràdh, na deanaibh dochann do'n talamh, no do'n fhairge, no do na craobhaibh, gus an cuir sinn seula air seirbhisich ar Dé air claraibh an eudain.

4 Agus chuala mi àireamh na droinge a sheulaicheadh: ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, a sheulaicheadh do uile threubhaibh chloinn Israel.

5 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Iuda. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Reubein. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Gad.

6 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Aseir. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Nephtalim. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Mhanaseis.

7 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Shimeoin. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Lebhi. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Isachair.

8 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Shabuloin. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Ioseiph. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Bhenaimin.

9 An déigh so dh'amhairc mi, agus feuch, sluagh mòr, nach robh neach sam bith comasach air àireamh, do na h-uile chinneachaibh, agus threubhaibh, agus shluaghaibh, agus theangaibh, 'nan seasamh an làthair na righ-chaithreach, agus an làthair an Uain, air an sgeadachadh le truscanaibh fada geala, agus pailm aca 'nan làmhaidh;

10 Agus ghlaodh iad le guth àrd, ag ràdh, Slàinte d'ar Dia-ne<sup>o</sup> a ta 'na shuidhe air an righ-chaithir, agus do'n Uan P.

11 Agus sheas na h-aingil uile timchioll na righ-chaithreach, agus nan seanair, agus nan ceithir bheathach, agus thuit iad air an aghaidh an làthair na righ-chaithreach, agus rinn iad aoradh do Dhia,

12 Ag ràdh, Amen: Moladh, agus glòir, agus gliocas, agus buidheachas, agus urram, agus cumhachd, agus neart gu robh d'ar Dia-ne gu saoghal nan saoghal. Amen.

13 Agus fhreagair aon do na seanairibh, ag ràdh rium, Cò iad sin a ta air an sgeadachadh le truscanaibh fada geala? agus cia as a thainig iad?

14 Agus thubhairt mi ris, A Thighearn, tha fhios agadsa. Agus thubhairt e rium, Is iad so iadsan a thainig a h-àmhghar<sup>r</sup> mòr; agus nigh iad an truscain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.

15 Uime sin tha iad an làthair righ-chaithreach Dhé, agus a dean amh aoraidh dha a là agus a dh'oidhche 'na theampull; agus gabhaidh an ti a tha 'na shuidhe air an righ-chaithir còmhnuidh 'nam measg.

16 Cha bhi ocras orra tuileadh, no

hart nì's mò; chà mhò a' thuiteas a' ghrian orra<sup>s</sup>, no teas air bith.

17 Oir beathaichidh an t-Uan a tha am meadhon na righ-chaithreach iad, agus treòraichidh e iad gu tobraichibh do uisge na beatha: agus tiormaichidh Dia gach deur o'n sùilibh.

## C A I B. VIII.

1 'Nuair a dh'fhosgadh an seachdamh seula, 2 tha seachd trompaid-ean air an tabhairt do sheachd ainglibh: 3 Tha aingeal eile a' cur tùis maille ri ùrnuighibh nan naomh air an altair òir. 6 Tha ceithir dhiubh a' séideadh an trompaidean, agus plàigheanna mòra a' leantuinn an lorg sin.

**A** GUS an uair a dh'fhosgail e an seachdamh seula, bha tosd air nèamh mu thimchioll leth-uaire.

2 Agus chunnaic mi na seachd aingil a sheas am fianuis Dè; agus thugadh dhoibhsan seachd trompaid-ean.

3 Agus thainig aingeal eile, agus sheas e aig an altair, agus tùiseir òir aige; agus thugadh dha mòran tùise, chum gu'n d'thugadh se e<sup>t</sup> maille ri ùrnuighibh nan uile naomh air an altair òir, a bha'n làthair na righ-chaithreach.

4 Agus chaidh deatach na tùise suas maille ri ùrnuighibh nan naomh, o làmh an aingil, an làthair Dhé.

5 Agus ghlac an t-aingeal an tùiseir, agus lion se e le téine na h-altaire, agus thilg e air an talamh e: agus bha guthanna, agus tairneanaiche, agus dealanaiche, agus crith-thalmhainn ann.

6 Agus dh'ulluich na seachd aingil aig an robh na seachd trompaidean iad féin, chum an séideadh.

7 Agus shéid an ceud aingeal, agus bha clocha-meallain<sup>u</sup> ann, agus teine air am measgadh le fuil, agus thilgeadh air an talamh iad; agus loisgeadh an treas cuid do na craobhaibh, agus am fear glas uile.

8 Agus shéid an dara aingeal, agus thilgeadh mar gu'm bu bheinn

mhòr a' losgadh le teine anns an fhairge: agus dh'fhàs an treas cuid do'n fhairge 'na fuil:

9 Agus fhuair an treas cuid do na creutairibh a bha anns an fhairge, aig an robh anam, bàs; agus mhill-eadh<sup>a</sup> an treas cuid do na longaibh.

10 Agus shéid an treas aingeal, agus thuit reult mhòr o nèamh, a' dearg-lasadh mar lòchran<sup>b</sup>, agus thuit i air an treas cuid do na h-aimh-nibh, agus air na tobraichibh uisge:

11 Agus is e an t-ainm a ghoir-ear do'n reult Burmaid: agus rinn-eadh an treas cuid do na h-uisgibh 'nam burmaid; agus fhuair mòran dhaoine bàs leis na h-uisgibh, do bhrìgh gu'n d'rinneadh searbh iad.

12 Agus shéid an ceathramh aingeal, agus bhuaileadh an treas cuid do'n ghréin, agus an treas cuid do'n ghealaich, agus an treas cuid do na reultaibh; ionnàs gu'n d'rinneadh an treas cuid diubh dòrcha, agus nach do dhealraich an la rè an treas cuid dheth, no an oidhche air a' mhodh cheudna.

13 Agus dh'amhaire mi, agus chuala mi aingeal<sup>c</sup> ag itealaich ann am meadhon nèimhe, ag ràdh le guth àrd, Is truagh, truagh, truagh, do luchd-àitheachaidh na talmhainn, air son guthanna eile trompaide nan tri aingeal a tha fathast gu séideadh!

## C A I B. IX.

1 Air séideadh do'n chùigeadh aingeal, tha reult a' tuiteam o nèamh, d'am bheil iuchair sluichd an dubh-aigein air a tabhairt: 2 tha e fosgladh an t-sluichd, agus tha locuist cosmhuil ri scorpionaibh a' teachd a mach. 12 Tha a' cheud truaighe air dol thairis. 13 Tha an seathadh trompaid air a séideadh. 14 Tha ceithir aingil a bha ceangailte, air am fuasgladh.

**A** GUS shéid an cùigeadh aingeal a thrompaid, agus chunnaic mi reult a' tuiteam o nèamh chum na talmhainn: agus thugadh dha iuchair sluichd an dubh-aigein<sup>d</sup>.

2 Agus dh'fhosgail e slochd an

<sup>s</sup> a bhuaileas, a loisgeas a ghrian iad. <sup>t</sup> gu'n ofraileadh se e. <sup>u</sup> cloich-shneachd. <sup>a</sup> sgriosadh. <sup>b</sup> leus. <sup>c</sup> aon aingeal, <sup>d</sup> an t-sluic gun aingeal.



dubh-aigein, agus dh'éirich deatach as an t-slochd, mar dheataich àmh-uinn mhòir *theintich*; agus rinneadh a' ghrian agus an t-athar dorch, le deataich an t-sluichd.

5 Agus thainig a mach as an deataich air an talamh locuist; agus thugadh cumhachd dhoibh, a réir mar a tha cumhachd aig scorpionaibh na talmhainn.

4 Agus a dubhradh riu gun iad a dheanamh dochann<sup>e</sup> air feur na talmhainn, no air nì sam bith glas, no air craoibh sam bith, ach air na daoineibh sin a mhàin aig nach 'eil seula Dhé air clar an eudain.

5 Agus thugadh dhoibh, cha'n e gu marbhadh siad iad, ach gu'm biodh iad air am pianadh rè chùig mìosa: agus *bha* am pian cosmhuil ri péin scorpoin, 'nuair a bhuileas e duine.

6 Agus anns na làithibh sin iarraidh daoine am bàs, agus cha'n fhaigh iad e; agus bithidh déidh aca air bàsachadh, agus teichidh am bàs uatha.

7 Agus *bha* cruth nan locust cosmhuil ri h-eachailb air an ulluchadh chum catha; agus *bha* air an cinn mar gu'm biodh crùin cosmhuil ri h-òr, agus *bha* an aghaidhean cosmhuil ri h-aghaidhibh dhaoine.

8 Agus *bha* folt orra cosmhuil ri folt bhan, agus *bha* am fiacra mar *fhiacra* leòmhann.

9 Agus *bha* aca uchd-éididhean, mar uchd-éididhean iarunn; agus *bha* fuaim an sgiathan mar fhuaim charbada mhòrain each a' ruith chum catha.

10 Agus *bha* carbuill aca cosmhuil ri scorpionaibh, agus *bha* gathanna 'nan earblaibh: agus *b'e* an cumhachd daoine a chuirradh<sup>f</sup> rè chùig mìosa.

11 Agus *bha* rìgh aca os an cionn, *eadhon* aingal an dubh-aigein, agus *se*' s ainm dha san Eabhra Abadon, ach anns a' Ghréigis 'se's ainm dha Apolion.

12 Chaidh aon truaighe thairis; feuch, tha dà thruaighe ri teachd fathast an déigh so.

13 Agus shéid an seathadh aingal

a thrompaid, agus chuala mi guth o cheithir adharcaibh na h-altair òir, a tha'm fianais Dé,

14 Ag ràdh ris an t-seathadh aing-eal aig an robh an trompaid, Fuasgail na ceithir aingil a tha ceangailte aig an amhuinn mhòir Euphrates.

15 Agus dh'fhuasgladh na ceithir aingil, a bha ulluichte fa chomhair uaire, agus là, agus mìos, agus bliadhna, chum gu'm marbhadh iad an treas cuid do dhaoineibh.

16 Agus *b'e* àireamh armailean a' mharc-shluaigh fichead mìle do dheich mìltibh: agus chuala mi an àireamh.

17 Agus mar so chunnaic mi na h-eich anns an taisbeanadh, agus iadsan a shuidh orra, aig an robh uchd-éididhean do theine, agus do hiacint, agus do phronnusc<sup>g</sup>: agus *bha* cinn nan each mar chinn leòmhann; agus as am beoil thainig a mach teine, agus deatach, agus pronnusc.

18 Leis na trì *plàighibh* so mharbhadh an treas cuid do dhaoineibh, leis an teine, agus leis an deataich, agus leis a' phronnusc, a chaidh a mach as am beoil.

19 Oir tha an cumhachda 'nan beul, agus 'nan earblaibh: oir *bha* an earbuill cosmhuil ri nathraichibh nimhe, agus *bha* cinn aca, agus leo sin nì iad dochann<sup>h</sup>.

20 Agus cha do ghabh a' chuid eile do na daoineibh, nach do mharbhadh leis na *plàighibh* sin, aithreachas do oibribh an làmh, ionnas nach deanadh iad aoradh do dheamhnaibh, agus do dhealbhaidh òir, agus airgid, agus umha, agus cloiche, agus fiodha; nach urradh faicinn, no cluinntinn, no imeachd:

21 Agus cha mhò a ghabh iad aithreachas d'am mortaibh, no d'an striopachas, no d'an gadachdaibh.

### C A I B. X.

1 *Tha e faicinn aingil thréin aig an robh leabhar fosgailte 'na làimh: 6 neach a tha toirt mionnan airsan a tha beo gu sìorruidh, nach bi aimsir nì's mò ann: 9 tha àithne air a toirt do Eoin an leabhar a ghabhail agus itheadh.*

<sup>e</sup> dochoir, cron. <sup>f</sup> a ghortuchadh <sup>g</sup> ghronustal. <sup>h</sup> cron.

**A** GUS chunnaic mi aingeal cumhachdach eile a' teachd a nuas o nèamh, air a sgeadachadh le neul, agus bogha-frois air a cheann, agus aghaidh mar a' ghrian, agus a chosa mar phostaibh teine.

2 Agus bha aige 'na làimh leabhran fosgailte: agus chuir e a chos dheas air an fhairge, agus a chos chli air an talamh,

3 Agus ghlaodh e le guth àrd, mar a bheuchdas leòmhann: agus an uair a ghlaodh e, labhair seachd tairneanaich an guthanna féin.

4 Agus an uair a labhair na tairneanaich an guthanna féin, bha mi dol a sgrìobhadh: agus chuala mi guth o nèamh, ag ràdh rium, Seulaich na nithe a labhair na seachd tairneanaich, agus na sgrìobh iad.

5 Agus thog an t-aingeal a chunnaic mi 'na sheasamh air a' mhuir, agus air an talamh, a làmh gu nèamh,

6 Agus mhionnaich e aisans a tha beo gu saoghal nan saoghal, a chruthaich nèamh agus na nithe a ta ann, agus an talamh agus na nithe a ta ann, agus an fhairge agus na nithe a ta innte, Nach bi aimsir ann ni's mò<sup>m</sup>;

7 Ach ann an làithibh gutha an t-seachdamh aingil, 'nuair a thòisich-eas e air séideadh, an sin gu'm biodh rùn-dìomhair Dhé air a chrìochnachadh, mar a dh'innis e d'a sheirbhisich na fàidhean.

8 Agus labhar an guth a chuala mi o nèamh, rium a ris, agus thubhairt e, Imich, glac an leabhran a tha fosgailte ann an làimh an aingil a tha 'na sheasamh air an fhairge, agus air an talamh.

9 Agus chaidh mi dh'ionnsuidh an aingil, agus thubhairt mi ris, Thoir dhomhsa an leabhran: agus a deir esan rium, Glac, agus ith suas e; agus ni e do bhroinn searbh, ach bithidh e ann do bheul milis mar mhil.

10 Agus ghlac mi an leabhran a làimh an aingil, agus dh'ith mi suas e; agus bha e ann mo bheul milis mar mhil: agus an uair a dh'ith mi e, rinneadh mo bhrù searbh.

11 Agus thubhairt e rium, Is éigin

duit a ris fàidheadaireachd a dheanamh am fianuis shlògh, agus chinn-each, agus theanga, agus rìghre lìon-mhor.

## C A I B. XI.

3 Tha an dà fhianuis a' deanamh fàidheadaireachd: 6 tha cumhachd aca nèamh a dhruideadh, ionnas nach bi uisge ann: 7 ni am béist cogadh 'nan aghaidh, agus marbhaidh e iad: 8 luidhidh iad gun an adhlac, 11 agus an dèigh thrì làithean agus leth là tha iad ag éirigh a ris. 14 Tha'n dara truaighe air dol thairis. 16 Tha an seachdamh trompaid air a séideadh.

**A** GUS thugadh dhomh cuile cosmhuil ri slait: agus sheas an t-aingeal, ag ràdh, Eirich, agus tomhais teampull Dhé, agus an altair, agus iadsan a tha deanamh aoraidh ann.

2 Ach fàg a mach a' chùirt a tha'n taobh a muigh do'n teampull, agus 'na tomhais i; oir thugadh i do na Cinnich: agus saltraidh iad fuaidh'n cosaibh a' chathair<sup>n</sup> naomha rè dhà mhios agus dhà fhichead.

3 Agus bheir mise cumhachd do m' dhithis fhianuisean, agus ni iad fàidheadaireachd ré mìle agus dà cheud agus trì fichead là, eudaichte ann an saic-eudach.

4 Is iad so an dà chrann ola, agus an dà choinnleir a tha 'nan seasamh an làthair Dhé na talmhainn.

5 Agus ma chiurras neach air bith iad, théid teine a mach as am beul, agus claoidhidh e an naimhdean: agus ma chiurras neach air bith iad, is éigin da bhi air a mharbhadh mar so.

6 Tha cumhachd aca so nèamh a dhùnadh ionnas nach bi uisge ann, ann an làithibh am fàidheadaireachd-san: agus tha cumhachd aca air uisgibh chum an tionndadh gu fuil, agus an talamh a bhualadh leis an uile phlàigh, co minic 's is toil leo.

7 Agus an uair a chrìochnaicheas iad am fianuis, ni am fiadh-bheathach<sup>o</sup> a dh'éireas as an t-slochd gun aigéal<sup>p</sup>

i bogha-uisge i dh'éigh. <sup>m</sup> Nach bi'n aimsir ann fathast, <sup>n</sup> am baile.  
<sup>o</sup> am béisd. <sup>p</sup> gun ghrund.



cogadh 'nan aghaidh, agus bheir c buaidh orra, agus marbhaidh e iad.

8 Agus bithidh an cuirp mharbha 'nan luidhe ann an sràid na cathracha mòire, d'an goirear gu spioradail Sodom agus an Eiphit, far mar an ceudna an do cheusadh ar Tighearn.

9 Agus chi cuid do na sluaghaibh, agus do threubhaibh, agus do theang-aibh, agus do chinneachaibh, an cuirp mharbha rè thri làithean gu leth, agus cha leig iad an cuirp mharbha a chur ann an uaighibh.

10 Agus ni luchd-àiteachaidh na talmhainn gairdeachas os an ceann, agus bithidh iad subhach, agus cuiridh iad tiodhlacan<sup>r</sup> dh'ionnsuidh a chéile; do bhrìgh gu'n do phian an dà fhàidh so iadsan a bha chomhnuidh air an talamh.

11 Agus an déigh thri làithean gu leth, chaidh Spiorad na beatha o Dhia a steach annta, agus sheas iad air an cosaibh, agus thuit eagal mòr orrasan a chunnaic iad.

12 Agus chual iad guth mòr o nèamh, ag ràdh riu, Thigibh a nìos an so. Agus chaidh iad suas do nèamh air neul, agus chunnaic an naimhdean iad.

13 Agus anns an uair sin féin bha crith mhòr thalmhainn ann, agus thuit an deicheamh cuid do'n chath-air<sup>s</sup>, agus mharbhadh seachd mìle pearsa sa' chrith-thalmhainn<sup>t</sup>: agus ghabh a' chuid eile eagal, agus thug iad glòir do Dhia nèimhe<sup>e</sup>.

14 Chaidh an dara truaighe thairis; feuch, thig an treas truaighe gu h-aithghearr.

15 Agus shéid an seachdamh aing-eal a thrompaid, agus bha guthanna mòra air nèamh, ag ràdh, Rinneadh rioghachdan an t-saoghail 'nan rioghachdaibh d'ar Tighearn, agus d'a Chrìosdan, agus bithidh e 'na Rìgh gu saoghal nan saoghal.

16 Agus thuit na ceithir seanaire fichead a bha 'nan suidhe air an caithrichibh am fianuis Dé, sìos air an aghaidh, agus rinn iad aoradh do Dhia,

17 Ag ràdh, Bheireamaid buidheachas duitse, O Thighearna Dhé

uile-chumbachdaich, a ta, agus a bha, agus a bhitheas; air son gu'n do ghabh thu do chumbachd mòr a' t'ionnsuidh, agus gu'n do rioghaich thu.

18 Agus bha fearg air na cinnich, agus thainig t'fheargsa, agus àm nam marbh gu'n d'thugtadh breth orra, agus gu'n d'thugadh tusa duais do d' sheirbhisich na fàidhean, agus do na naoimh, agus dhoibhsan air am bheil eagal t'ainme, do na big agus do na mòir, agus gu sgrìosadh tu iadsan a sgrìosas<sup>u</sup> an talamh.

19: Agus dh'fhosgladh teampull Dé air nèamh, agus chunncas ann a theampull àire a' choimh-cheangail: agus bha dealanaich, agus guthanna, agus tairneanaich, agus crith-thalmhainn, agus clocha-neallain mòra ann.

## C A I B. XII.

1 Tha bean a bha sgeadaichte leis a' ghréin ri saothair-chloinne: 4 Tha'n dragon mòr dearg 'na sheasamh fa comhair, ullamh gus a leanabh a shlugadh suas. 6 'Nuair a dh'àiseadadh i, theich i do'n fhàsach. 7 Tha Michael agus aingil a' cogadh an aghaidh an dragon. 13 Tha an dragon, an déigh a thilgeadh sìos air an talamh, a' dian-ruagadh na mnà.

**A** GUS chunncas iongantas mòr air nèamh, bean air a sgeadachadh leis a' ghréin, agus a' ghealach fuidh a cosaibh, agus air a ceann crùn do dhà reult dheug.

2 Agus air dhi bhi torrach, ghlaodh i, ri saothair-chloinne, agus bha i air a pianadh chum a h-aisead.

3 Agus chunncas iongantas eile air nèamh, agus feuch, dragon<sup>a</sup> mòr dearg, aig an robh seachd cinn, agus deich adhaircean, agus air a chinn seachd crùn.

4 Agus tharruing earball an treas cuid do reultaibh nèimhe, agus thilg e iad chum na talmhainn: agus sheas an dragon fa chomhair na mnà a bha ullamh gu bhi air a h-aisead, chum a leanabh a shlugadh suas 'nuair a bheireadh i e.

<sup>r</sup> gihitean. <sup>s</sup> bhaile. <sup>t</sup> leis a' chrith-thalmhainn. <sup>u</sup> thruaillias. <sup>a</sup> uabheist.

5 Agus rug i leanabh mic, a bha gus na cinnich uile a riaghladh le slait iaruinn: agus thogadh a leanabh suas chum Dhé, agus *chum* a righ-chaithreachsan.

6 Agus theich a' bhean do'n fhàsach, far am bheil aice ionad air ulluch-adh le Dia, chum gu'm biodh i air a beathachadh an sin rè mìle agus dà cheud agus tri fichead là.

7 Agus bha cogadh air nèamh; rinn Michael agus aingil cogadh an aghaidh an dragoin, agus chog an dragon agus aingil féin;

8 Agus cha d'thug iad buaidh, cha mhò a fhuaradh an àite ni's mò air nèamh.

9 Agus thilgeadh a mach an dragon mòr, an t-seann nathair sin, d'an goirear an diabhol agus Satan, a tha mealladh an t-saoghail uile: thilgeadh a mach e chum na talmhainn, agus thilgeadh a mach aingil maille ris.

10 Agus chuala mi guth mòr ag ràdh air nèamh, A nis tha slàinte agus neart, agus rioghachd ar Dé-ne, agus cumhachd a Chrìosd air teachd; oir thilgeadh sìos fear-casaid ar bràithre, a bha 'gan casaid an làthair ar Dé-ne a là agus a dh'oidhche.

11 Agus thug iad buaidh air tre fhuil an Uain, agus tre fhocal am fianuis-san; agus cha do ghràdhaich iad an anama féin gu bàs.

12 Uime sin biodh gairdeachas oirbh, o a nèamha, agus oirbhse a tha 'nar còmhnuidh annta. Anaoibhinn do luchd-àiteachaidh na talmhainn, agus na fairge! oir thainig an diabhol a nuas d'ar n-ionnsuidh, agus fearg ro mhòr air, do bhrìgh gur fiosrach e nach 'eil aige ach ùine ghearr.

13 Agus an uair a chunnaic an dragon gu'n do thilgeadh e chum na talmhainn, rinn e geur-leanmhuinn air a' mhnaoi a rug an leanabh mic.

14 Agus do'n mhnaoi thugadh dà sgéith iolaire mòire, chum gu'n rachadh i air itealaich leo do'n fhàsach, chum a h-ionaid féin; far am bheil i air a h-altrum rè aimsir, agus aimsir-

ean, agus leth-aimsir<sup>b</sup>, o aghaidh na nathrach.

15 Agus thilg an nathair as a beul uisge mar thuil, an déigh na mnà, chum gu'n d'thugadh i oirre bhi air a giùlan air falbh leis an t-sruth.

16 Agus rinn an talamh còmh-nadh ris a' mhnaoi, agus dh'fhosgail an talamh a bheul, agus shluig e suas an tuil a thilg an dragon as a bheul.

17 Agus bha fearg air an dragon ris a' mhnaoi, agus chaidh e dheanamh cogaidh ris a' chuid eile d'a sliochd, a tha coimhead<sup>c</sup> àitheanta Dhé, agus aig am bheil fianuis Iosa Crìosd.

## C A I B. XIII.

1 *Tha fiadh-bheathach ag éirigh as an fhairge le seachd cinn agus deich adhaircean: dhasan tha an dragon a' toirt a chumhachd. 11 Tha fiadh-bheathach eile a' teachd a nìos as an talamh, 14 agus a' toirt fairear dealbh bhi air a dheanamh do'n cheud fhiadh-bheathach, 15 agus gu'n deanadh daoine aoradh dha, 16 agus gu'n gabhadh iad a chomhara.*

**A**GUS sheas mi air gaineamh na fairge, agus chunnaic mi fiadh-bheathach<sup>d</sup> ag éirigh suas as an fhairge, aig an robh seachd cinn, agus deich adhaircean, agus air adharcaibh deich crùn, agus air a chinn ainm toibheim<sup>e</sup>.

2 Agus bu chosmhuil am fiadh-bheathach a chunnaic mi ri leopard, agus bha a chosan mar chosaibh math-ghamhna, agus a bheul mar bheul leomhain: agus thug an dragon a neart, agus a chaithir<sup>f</sup>, agus cumhachd mòr dha.

3 Agus chunnaic mi aon d'a cheannaibh mar gu'm biodh e air a lotadh gu bàs; agus leighiseadh a chneadh bhàsmhor: agus ghabh an talamh uile iongantas an déigh an fhiadh-bheathaich.

4 Agus rinn iad aoradh do'n dragon, a thug a chumhachd do'n

<sup>b</sup> àm, agus amanna, agus leth-àm.  
*Dia-mhaslachaidh.*

<sup>c</sup> gleidheadh. <sup>d</sup> béist. <sup>e</sup> ainmean  
<sup>f</sup> a righ-chaithir.



fhiadh-bheathach: agus rinn iad aoradh do'n fhiadh-bheathach, ag ràdh, Co a ta cosmhuil ris an fhiadh-bheathach? Cò a ta comasach air cogadh a dheanamh 'na aghaidh?

5 Agus thugadh dha beul a' labhairt nithe mòra, agus thoibheum; agus thugadh cumhachd dha cogadh a dheanamh rè dhà mhìos agus dà fhichead.

6 Agus dh'fhosgail e bheul ann an toibheum an aghainn Dhé, chum toibheum a thoirt d'a ainm, agus d'a phàilluin, agus do'n dream a ta 'nan comhnuidh air nèamh.

7 Agus thugadh dha cogadh dheanamh an aghaidh nan naomh, agus buaidh a thoirt orra: agus thugadh dha cumhachd os ceann gach uile thréibh, agus theangaidh, agus chinnich.

8 Agus ni iadsan uile a tha 'nan comhnuidh air an talamh aoradh dha, aig nach 'eil an ainmeanna scrìobhta ann an leabhar beatha an Uain, a mharbhadh o thoiseach an t-saoghail.

9 Ma ta cluas aig neach air bith, éisdeadh e.

10 Ma bheir neach air bith am braighdeanas, théid e am braighdeanas: ma mharbhas neach, air bith leis a' chlàidheamh, is éigin e féin bhi air a mharbhadh leis a' chlàidheamh. Is ann an so a ta foighidín agus creidimh nan naomh.

11 Agus chunnaic mi fiadh-bheathach eile ag éirigh as an talamh; agus bha aige dà adhairc cosmhuil ri uan, agus labhair e mar dhràgon.

12 Agus tha e a' cur an gnìomh cumhachd a' cheud fhiadh-bheathaich uile 'na fhianuis, agus tha e toirt air an talamh, agus orrasan a tha 'nan comhnuidh ann, aoradh dheanamh do'n cheud fhiadh-bheathach, aig an robh a lot bàsmhor air a leigheas.

13 Agus tha e a' deanamh chomhara mòra, ionnas gu bheil e toirt air teine teachd a nuas o nèamh air an talamh, ann am fianuis dhaoine.

14 Agus tha e a' mealladh na droinge a tha nan comhnuidh air an talamh, leis na comharaibh sin a

thugadh dha a dheanamh an làthair an fhiadh-bheathaich, ag ràdh ri luchd-àiteachaidh na talmhainn, dealbh a dheanamh do'n bheathach aig an robh an lot claidheimh, agus a bha beo.

15 Agus thugadh cumhachd dha beatha a thoirt do dhealbhan an fhiadh-bheathaich, ionnas gu'n labhradh dealbh an fhiadh-bheathaich, agus gu'n d'thugadh e fainear gu'm biodh a mhead as nach deanadh aoradh do dhealbhan an fhiadh-bheathaich, air am marbhadh.

16 Agus tha e toirt air na h-uile dhaoine, aràon beag agus mòr, saibhir agus daibhir i, saor agus daor, comhar a ghabhail air an làimh dheis, no air clàr an eudain;

17 Agus nach feudadh neach sam bith ceannach no reic, ach esan aig am biodh an comhara, no ainm an fhiadh-bheathaich, no àireamh ainme.

18 An so tha gliocas. An ti aig am bheil tuisge, àirmheadh! e àireamh an fhiadh-bheathaich: oir is àireamh duine e; agus is e àireamh sea ceud agus trì fichead agus sea.

#### C A I B. XIV.

1 An t-Uan 'na sheasamh air sliabh Shìoin maille r'a chuideachd. 6 Tha aingeal a' searmonachadh an t-soisgeil. 8 Tuìteam Bhabailin. 15 Foghara an t-saoghail, agus cur a' chorrain ann. 20 Foghara agus preas-fìona feirge Dhé.

**A**GUS dh'amhairc mi, agus feuch, Uan 'na sheasamh air sliabh Shìoin, agus maille ris ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, aig an robh ainm Atharsan scrìobhta air clàr an eudain.

2 Agus chuala mi guth o fhlaith-eanas, mar fhuaim mhòrain uisgeacha, agus mar fhuaim tairneanaich mhòir; agus chuala mi fuaim chlàrsairean, a' deanamh ciuil le'n clàrsaichibh féin.

3 Agus chan iad mar gu'm b'òran nuadh e an làthair na rìgh-chaitheach, agus an làthair nan ceithir bheathach, agus nan seanair: agus cha b'urradh neach sam bith an

t-òran sin fhòghlum, ach an ceud agus dà fhichead agus na ceithir mìle, a shaoradh<sup>m</sup> o'n talamh.

4 Is iad so an dream nach do shalaicheadh le mnàibh; oir is òigh-ean iad: is iad so an dream a tha leantuinn an Uain ge b'e àit an d'théid e: shaoradh iad so o mheasg dhaoine, 'nan ceud thoradh do Dhia, agus do'n Uan.

5 Agus 'nam beul cha d'fhuaradh cealg: oir tha iad gun lochd<sup>n</sup> an làthair rìgh-chaitheach Dhé.

6 Agus chunnaic mi aingeal eile ag itealaich ann an meadhon nèimhe, aig an robh an soisgeul sìorruidh r'a shearmonachadh dhoibhsan a tha 'nan còmhnuidh air an talamh, agus do gach uile chinneach, agus thréibh, agus theangaidh, agus shluagh,

7 Ag ràdh le guth àrd, Biodh eagal Dé oirbh, agus thugaibh glòir dha; oir thainig uair a bhreitheanais: agus deanaibh aoradh dhasan a rinn nèamh, agus talamh, agus an fhainge, agus na tobair uisge.

8 Agus lean aingeal eile, ag ràdh, Thuit, thuit Babilon, a' chathair mhòr<sup>o</sup> sin, do bhrìgh gu'n d'thug i air gach uile chinneach òl do fhìon feirge a-striopachais.

9 Agus lean an treas aingeal iad, ag ràdh le guth àrd, Ma nì neach air bith aoradh do'n fhiadh-bheathach, agus d'a-dhealbh, agus ma ghabhas e a chomhara air clàr eudain, no air a làimh,

10 Olaidh esan do fhìon feirge Dhé, a tha air a dhòrtadh gun mheasgadh, ann an cupan fheirgesan; agus bithidh e air a phianadh le teine agus pronnuc, am fianuis nan aingeal naomha, agus am fianuis an Uain.

11 Agus bithidh deatach am péinesan ag éirigh suas gu saoghal nan saoghal: agus cha 'n'eil fois sam bith a là no dh'oidhche aca-san a nì aoradh do'n fhiadh-bheathach agus d'a dhealbh, no aig neach air bith a ghabhas comhara ainmesan.

12 An so tha foighidin nan naomh: an so tha'n dream a choimh-

ideas àitheanta Dhé, agus creidimh Iosa.

13 Agus chuala mi guth o nèamh, ag ràdh rium, Scriobh, Is beannuichte na mairbh a gheibh bàs san Tighearn, a so a mach: seadh, a deir an Spiorad, chum gu faigh iad fois o'n saoth-air; agus leanaidh an oibre iad.

14 Agus dh'amhairc mi, agus feuch, neul geal, agus air an neul *neach* 'na shuidhe cosmhuil ri Mac an duine, aig an robh crùn òir air a cheann, agus corran geur 'na làimh.

15 Agus thainig aingeal eile mach as an teampull, a' glaochaich le guth àrd ris an ti a bha 'na shuidhe air an neul, Sàth a steach do chorrann, agus buain: oir thainig àm dhuit buain; oir tha foghara na talmhainn abuich.

16 Agus shàth an ti a bha 'na shuidhe air an neul, a chorrann san talamh; agus bhuaineadh an talamh.

17 Agus thainig aingeal eile mach as an teampull a ta air nèamh, agus corran geur aige-san mar an ceudna.

18 Agus thainig aingeal eile mach o'n altair, aig an robh cumhachd os cionn teine, agus ghlaodh e le glaoth àrd ris an ti aig an robh an corran geur, ag ràdh, Sàth a steach do chorrann geur, agus cnuasaich baguidean<sup>p</sup> fhìonain na talmhainn: oir a ta a fhion-dhearc an làmhuich.

19 Agus shàth an t-aingeal a chorrann san talamh, agus chnuasaich e fhìonain na talmhainn, agus thilg e i ann am fhìon-amar mòr feirge Dhé.

20 Agus shaltradh am fhìon-amar an taobh a muigh do'n chathair, agus thainig fuil a mach as an fhìon-amar, gu sréin nan each, feadh mhìle agus shea ceud stàid<sup>r</sup>.

## C A I B. XV.

1 Na seachd aingil leis na seachd plàighibh deireannach. 3 Oran na muinntir a bhuadhaicheas air an fhiadh-bheathach. 7 Na seachd soithiche làn do fheirge Dhé.

**A**GUS chunnaic mi combara eile air nèamh, mòr agus iongantach, seachd aingil aig an robh na seachd plàighlean deireannach; oir

<sup>m</sup> cheannuicheadh. <sup>n</sup> gun smal. <sup>o</sup> am bailé mòr. <sup>p</sup> triopuill.

<sup>r</sup> i. e. an t-òchdamh cuid do mhìle fearainn.



annta so tha fearg Dhé air a coimhlionadh.

2 Agus chunnaic mi mar gu'm b'fhaige ghloine, air a measgadh le teine; agus iadsan a thug buaidh air an fhiadh-bheathach, agus air a dhealbh, agus air a chomhara, [agus] air àireamh ainme, 'nan seasamh air an fhaige ghloine, agus clàrsaiche Dhé aca.

3 Agus tha iad a' cantuinn òrain Mhaois<sup>s</sup> òglaich Dhé, agus òrain an Uain, ag ràdh, *Is mòr*, agus *is iongantach t'òibre*, a Thighearna Dhé uile-chumbachdaich; *is ceart agus is fìor do shligheansa*, a Rìgh nan naomh.

4 Cò air nach biodh eagal romhad, O Thighearn, agus nach d'thugadh glòir do t'ainm? oir *is tusa mhàin a ta naomha*: oir thig na h-uile chinnich, agus nì iad aoradh ann do làthair; do bhrìgh gu bheil do bhreitheanais air an deanamh follais-each.

5 Agus an déigh so dh'amhaire mi, agus feuch, dh'fhosgladh teampull pàilliuin na fianuis air nèamh.

6 Agus thainig a mach as an teampull na seachd aingil, aig an robh na seachd plàighean, air an sgeadachadh le lìon-eudach glan agus dealrach<sup>t</sup>, agus air an crioslachadh<sup>u</sup> mu'n uchd le criosaibh òir.

7 Agus thug aon do na ceithir bheathaichibh do na seachd aingil seachd soithichean òir, làn do fheirg an Dé a ta beo gu saoghal nan saoghal.

8 Agus lìonadh an teampull le deataich o ghlòir Dhé, agus o chumbachdsan; agus cha b'urradh neach sam bith dol a stigh do'n teampull, gus am biodh seachd plàighean nan seachd aingeal air an coimhlionadh.

#### C A I B. XVI.

1 Tha na h-aingil a' dòrtadh mach an soithiche làn do fheirg: 6 Na plàighean a tha leantuinn air sin.

15 Thig Crìosd mar ghaduiche. Is beannuichte iadsan a nì faire.

**A** GUS chuala mi guth mòr as an teampull, ag ràdh ris na seachd aingil, Imichibh, agus taomaibh soithiche feirge Dhé air an talamh.

2 Agus dh'imich an ceud aingeal, agus thaom e a shoitheach air an talamh; agus dh'éirich droch neasgaid nimhneach air na daoineibh sin aig an robh comhara an fhiadh-bheathaich, agus orrasan a rinn aoradh d'a dhealbh.

3 Agus thaom an dara aingeal a shoitheach san fhaige; agus rinneadh i mar fhuil duine mhairbh: agus fhuair gach anam beo bàs anns an fhaige.

4 Agus thaom an treas aingeal a shoitheach anns na h-aimhnichibh agus anns na tobraichibh uisge; agus rinneadh iad 'nam fuil.

5 Agus chuala mi aingeal nan uisgeacha ag ràdh, *Is cothromach thu*, O Thighearn, a ta, agus a bha, agus a bhitheas, do bhrìgh gu'n d'thug thu breth air an dòigh so:

6 Oir dhòirt iadsan fuil naomh agus fhàidhean, agus thug thusa dhoibh fuil r'a h-òl; oir is toillteanach iad.

7 Agus chuala mi neach eile o'n altair ag ràdh, Seadh, a Thighearna Dhé uile-chumbachdaich, *is fìor agus cothromach do bhreitheanais*.

8 Agus thaom an ceathramh aingeal a shoitheach air a' ghréin; agus thugadh cumhachd dha daoine a phianadh le h-aiteas teine.

9 Agus bha daoine air an losgadh le teas mòr, agus thug iad toibheum do ainm Dhé, aig am bheil cumhachd air na plàighibh sin: agus cha d'rinn iad aithreachas, chum glòir a thoirt dhasan.

10 Agus thaom an cùigeadh aingeal a shoitheach air rìgh-chaitir an fhiadh-bheathaich; agus rinneadh a rioghachd dorch, agus chagainn daoine an teanga tre phéin,

11 Agus thug iad toibheum<sup>a</sup> do Dhia nèimhe air sòn am pianta agus an creuchda, agus cha do ghabh iad aithreachas d'an gnìomharaibh.

12 Agus thaom an seathadh aingeal a shoitheach air an amhuinn mhòir Euphrates; agus thiormaich-eadh a h-uisge, chum gu'n ulluichteadh slighe rìghrean na h-àirde 'n ear.

<sup>s</sup> chan iad laoidh Mhaois. <sup>t</sup> geal.

<sup>u</sup> air an criosrachadh. <sup>a</sup> masladh.

13 Agus chunnaic mi teachd a mach a beul an dragoin, agus a beul an fhiadh-bheathaich, agus a beul an fhàidh-bhréige, trì spiorada neoghlanan, còsmhuil ri losguinn.

14 Oir is iad sin spiorada dheamhan, a' deanamh chomhara, a tha dol a mach chum rìghre na talmhainn, agus an domhain uile, gu'n cruinneachadh chum catha là mhòir sin an Dé uile-chumhachdaich.

15 Feuch, ataim a' teachd mar ghaduiche. Is beannuichte esan a ni faire, agus a ghleidheas eudach, chum nach imich e lomnochd, agus nach faic daoine a nàire.

16 Agus chruinnich e iad r'a chèile chum ionaid d'an goirear san Eabhra, Armagedon.

17 Agus thaom an seachdamh aingeal a shoitheach san athar<sup>b</sup>; agus thainig guth mòr a mach a teampull nèimhe, o'n rìgh-chaithir, ag ràdh, Tha e deanta.

18 Agus bha guthanna, agus tairneanaich, agus dealanaich ann; agus bha crith mhor thalmhainn ann, nach robh a leithid ann o bha daoine air an talamh, a samhuil do chrith-thalmhainn co mòr.

19 Agus bha a' chathair mhòr<sup>c</sup> air a roinn 'na trì earrannaibh, agus thuit cathraiche nan cinneach: agus thainig Babilon mhòr an cuimhne an làthair Dhé, a thoirt di copan fìona fraoich fheirged.

20 Agus theich gach uile eilean as, agus cha d'fhuaradh na beannta.

21 Agus thainig clacha-meallain mòra<sup>e</sup> a nuas o nèamh air daoineibh, gach clach co throm ri talann: agus thug daoine toibheum do Dhia, air son plàigh nan clacha-meallain; oir bha am plàighsan ro mhòr.

## C A I B. XVII.

1 Tha bean, air a sgeadachadh le purpur agus scarlaid, agus copan òir 'na làimh, 'na suidh air an fhiadh-bheathach, 5 neach a's i Babilon mhòr, màthair nan-gràine-ealachd. 9 Eadar-mhìneachadh

nan seachd ceann, 12 agus nan deich adharc. 14 Buaidh an Uain; 16 agus peanas na strìopaiche.

**A**GUS thainig aon do na seachd soithichean, agus labhair e rium, ag ràdh rium, Thig an so; nochdaidh mi dhuit breitheanas na strìopaiche mòire, a tha 'na suidhe air mòran uisgeacha:

2 Ris an d'rinn rìghre na talmhiann strìopachas, agus aig an do chuireadh luchd-àiteachaidh na talmhiann air mhisg le fìon a strìopachais.

3 Agus thug e leis mi anns an spiorad do'n fhasach: agus chunnaic mi bean 'na suidhe air fiadh-bheathach air dhath scarlaid, làn do ainmibh toibheim<sup>f</sup>, air an robh seachd cinn agus deich adhaircean.

4 Agus bha bhean air a sgeadachadh ann am purpur, agus ann an scarlaid, agus air a deanamh breagha le h-òr agus clachaibh luachmhor agus neamhnuidibh, agus copan òir aice 'na làimh, làn do ghràineileachd agus do neo-ghloine a strìopachais.

5 Agus air clàr a h-eudain bha ainm sgrìobhta, RUN-DIOMHAIR, BABILON MHOR, MATHAIR NAN STRIOPACH AGUS GHRÀINEILEACHDA NA TALMHAINN.

6 Agus chunnaic mi a' bhean air mhisg le fuil nan naorah, agus le fuil fhianuisean<sup>g</sup> Iosa: agus an uair a chunnaic mi i, ghabh mi iongantàs le h-iongantàs mòr.

7 Agus thubhairt an t-aingeal rium, C'ar son a ghabh thu iongantàs? Innsidh mise dhuit rùn-diomhair na mnà, agus an fhiadh-bheathaich a tha 'ga giùlan, air am bheil na seachd cinn agus an deich adhaircean.

8 Am fiadh-bheathach a chunnaic thu, bha e, agus cha 'n'eil e ann; agus èiridh e suas a slochd an dubh-aigein<sup>h</sup>, agus théid e am mugha<sup>i</sup>: agus gabhaibh luchd-àiteachaidh na talmhainn, (aig nach 'eil an ainmeanna sgrìobhta ann an leabhar na beatha

<sup>b</sup> aidhear. <sup>c</sup> am baile mòr. <sup>d</sup> fheirge ro gharg. <sup>e</sup> cloich-shneachd mhòr. <sup>f</sup> Dia-mhaslachaidh. <sup>g</sup> mhairtireach. <sup>h</sup> as an-t-slachd gun ghrunn, <sup>i</sup> sgrìosar e.



o thoiseach an t-saoghail) iongantais, 'nuair a chi iad am fiadh-bheathach l a bha, agus nach 'eil, agus a bhith-eas ann m.

9 An so ta an inntinn aig am bheil gliocas: Na seachd cinn is seachd sléibhteann iad, air am bheil a' bhean 'na suidhe.

10 Is seachd rìghrean iad mar an ceudna: tha cùig dhiubh air tuiteam, agus a ta h-aon ann: cha d' thainig am fear eile fathast, agus an uair a thig e, is éigin da fantuinn rè ùine bhig.

11 Agus am fiadh-bheathach a bha, agus nach 'eil ann, is esan an t-òchdamh, agus tha e o'n t-seachd-nar, agus théid e am mugha.

12 Agus na deich adhaircean a chunnaic thu, is deich rìghrean iad, nach d' fhuair rioghachd fathast, ach a ta faotainn cumhachd mar rìghrean rè aon uaire maille ris n an fhiadh-bheathach.

13 Tha aca sin aon inntinn, agus bheir iad an neart agus an cumhachd do'n fhiadh-bheathach.

14 Nì iad sin cogadh an aghaidh an Uain, agus bheir an t-Uan buaidh orra: oir is esan Tighearna nan Tighearna, agus Rìgh nan Rìgh; agus tha an dream a tha maille ris, air an gairm, agus air an taghadh, agus dìleas.

15 Agus a deir e rium, Na h-uisgeachan a chunnaic thu, far am bheil an strìopach 'ua suidhe, is slòigh, agus coimhthionail, agus cinnich, agus teanganna iad.

16 Agus na deich adhaircean a chunnaic thu air an fhiadh-bheathach, bheir iad sin fuath do'n strìopach, agus nì iad fàs i, agus lomnochd, agus ithidh iad a feòil, agus loisgidh iad i le teine.

17 Oir chuir Dia 'nan cridhe a thoil a choimhlionadh, agus a bhi dh'aon chomhairle, agus an rioghachd a thoirt do'n fhiadh-bheathach, agus an coimhlìonair briathran Dhé.

18 Agus is i a' bhean a chunnaic thusa, a' chaithir mhòr o sin, a tha

rioghachadh p os cionn rìghre na talmhainn.

## C A I B. XVIII.

2 Tha Babilon air tuiteam: 4 tha àithne air a toirt do phobull Dé imeachd aise: 9 tha rìghre na talmhainn, 11 maille ris na ceann-aichibh agus na maraichibh, a' deanamh bròin air a son: 20 tha na naoimh a' deanamh gairdeachais air son breitheanais De oirre.

**A** GUS an déigh nàn nithe so chunnaic mi aingeal eile teachd a nuas o nèamh, aig an robh cumhachd mòr; agus dhealraich an talamh le ghlòir.

2 Agus ghlaodh r e gu làidir le guth mòr, ag ràdh, Thuit, thuit Babilon mhòr, agus rinneadh i 'na h-àite-còmhnuidh dheamhan, 'na prìosun s do gach spiorad neo-ghlan, na h-ionad cumail do t gach eun neo-ghlan agus fuathmhor.

5 Oir dh'òl na h-uile chinnich do fhìon feirge a strìopachais, agus rinn rìghre na talmhainn strìopachas rithe, agus rinneadh saibhir ceannaichean na talmhainn le pailteas a sògha u.

4 Agus chuala mi guth eile o nèamh, ag ràdh, Thigibh a mach aise, mo phobull, chum nach bi sibh comh-pairteach d'a peacaibh, agus nach faigh sibh cuid d'a plàighibh;

5 Oir tha a peacanna air ruigh-eachd a suas gu nèamh, agus chuimhnich Dia a h-eucearta.

6 Thugaibh ath-dhiòl di mar a dhìol ise ribh, agus thugaibh dhi a dhà uiread, a réir a h-oibre: anns a' chupan a lìon i, lìonaibh a dhà uiread di.

7 A mheud as a ghlòraich si i féin, agus a chaith i a beatha gu sòghail, co mòr as sin thugaibh dhi do pheanas agus do bhròn: oir a deir i 'na cridhe féin, Tha mi a'm' shuidhe a'm' bhan-rìghinn, agus cha bhantrach mi, agus cha'n fhaic mi bròn.

8 Uime sin ann an aon là thig a plàighean, bàs, agus bròn, agus

l am béist. m gidheadh a ta ann. n san aon uair ris. o am baile mòr.

p aig am bheil uachdaranachd r dh'éigh. s gaintir. t 'na h-eunadan.

u a sàimhe. a air leantuinn.

gorta; agus loisgear i gu tur le teine: oir is neartmhor an Tigh-earna Dia a bheir breth oirre.

9 Agus ni rìghre na talmhainn a rinn strìopachas, agus a chaith am beatha gu sòghail maille rithe, gul, agus caoidh air a son, 'nuair a chi iad deatach a losgaidh,

10 A' seasamh fad as, tre eagal a peanais, ag ràdh, Mo thruaighe, mo thruaighe, a' chathair mhòr<sup>b</sup> sin Babilon, a' chathair threun sin! oir ann an aon uair thainig do bhreitheanas.

11 Agus ni ceannaichean na talmhainn gul agus caoidh air a son; oir cha cheannaich neach sam bith am bathar<sup>c</sup> ni's mò.

12 Bathar òir, agus airgid, agus chlach luachmhor, agus neamhnuid-ean, agus lion eudaich ghrinn, agus phurpuir, agus agus shìde, agus scarlaid, agus gach uile ghnè fhiodha thiine, agus gach uile gnè shoithiche do fhiacraibh elephant, agus gach uile ghnè shoithiche do fhiodh ro luachmhor, agus do umha, agus do iarunn, agus do mharmor,

13 Agus canal, agus nithe deadh-bholaidh, agus ol'-ungaidh, agus tùis, agus fìon, agus ola, agus min mhìnd, agus cruineachd, agus ainmhidhean, agus caoraich, agus eich, agus carbada, agus tràillean, agus anama dhaoine.

14 Agus dh'imich na toraidh, air an robh mòr dhéidh t'anama, uait, agus dh'imich na h-uile nithe annasach agus maiseach uait, agus cha 'n fhaigh thu iad ni's mò.

15 Seasaidh ceannaichean nan nithe so a rinneadh saibhir leatha, am fad, air eagal a peanais, a' gul agus a caoidh,

16 Agus ag ràdh, Is truagh, is truagh, a' chaithir mhòr sin, a bha air a sgeadachadh le lìon-eudach grinn, agus purpur, agus scarlaid, agus a bha air a deanamh breagha<sup>e</sup> le h-òr, agus le clachaibh luachmhor, agus le neamhnuidibh!

17 Oir ann an aon uair thugadh saibhreas cò mor gu neo-ni. Agus sheas gach uile long-mhaighstir<sup>f</sup>,

agus gach uile chuideachd a théid air longaibh, agus na seòladairean, agus a' mheud 's a ni gnothuichean air fairge, am fad,

18 Agus ghlaodh iad, an uair a chunnaic iad deatach a losgaidh, ag ràdh, C'i a' chaithir a's cosmhuil ris a' chathair mhòir so?

19 Agus thilg iad duslach air an cinn, agus ghlaodh iad, a' gul agus a' caoidh, ag ràdh, Is truagh, is truagh, a' chathair mhòr sin, anns an d'rinneadh saibhir iadsan uile aig an robh longa air an fhairge, trid a greadhhachais-san! oir ann an aon uair dh'fàsaicheadh i.

20 Dean gairdeachas os a cionn, o a nèamh, agus sibhse abstola naomha agus fhàidhean; oir dh'ìol Dia sibhse oirre.

21 Agus thog aingeal treun clach mar chloich-mhuilinn mhòir, agus thilg e san fhairge i, ag ràdh, Is ann mar so le neart a thilgear sìos a' chathair mhòr sin Babilon, agus cha 'n fhaighear i ni's mò.

22 Agus cha chluinnear annad ni's mò fuaim chlàrsairean, agus luchd-ciuil, agus phìobairean, agus thrompadairean; agus cha 'n fhaighear annad ni's mò fear-ceird, do ghnè ceirde sam bith; agus cha chluinnear fuaim cloiche-muilinn annad ni's mò;

23 Agus cha soillsich solus coinnle<sup>g</sup> annad ni's mò; agus cha chluinnear annad ni's mò guth fir-bainnse no mnà bainnse: oir b'iad do cheannaichean daoine mòra na talmhainn; agus le d' dhruidheachd bha na h-uile chinnich air am mealladh:

24 Agus fhuaradh innte fuil fhàidhean, agus naomh, agus nan uile dhaoine a mharbhadh air an talamh.

## C A I B. XIX.

1 Tha Dia air a chliùthachadh, air son gu'n d'thug e breth air an strìopaich mhòir, agus gu'n do dh'ìol e fuil a naomh. 7 Banais an Uain. &c.

A GUS an déigh nan nithe so, chuala mi guth àrd mhòir

<sup>b</sup> am baile mòr. <sup>c</sup> am marsandachd, an earradh. <sup>d</sup> plùr mìn.

<sup>e</sup> air a h-òradh. <sup>f</sup> fkear-stiùraidh. <sup>g</sup> lòchraìn.



shluaigh air nèamh, ag ràdh, Aleluia; slàinte, agus glòir, agus onoir, agus cumhachd do'n Tighearn ar Dia-ne:

2 Oir is fìor agus is cothromach a bhreitheanas; oir thug e breth air an strìopaich mhòir, a thruaill an talamh le a strìopachas, agus dh'ìol e fuil a sheirbhiseach féin air a làimh.

3 Agus a rìs thubhairt iad, Aleluia. Agus chaidh a deatach suas gu saoghal nan saoghal.

4 Agus thuit na ceithir seanaire fichead, agus na ceithir bheathaiche sìos, agus rinn iad aoradh do Dhia, a bha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, ag ràdh, Amen; Aleluia.

5 Agus thainig guth a mach o'n rìgh-chaithir, ag ràdh, Molaibh ar Dia-ne, sibhse uile a's seirbhisich dha, agus air am bheil eagal-san, eadar bheag agus mhòr.

6 Agus chuala mi mar ghuth mòr shluaigh, agus mar fhuaim mhòrain uisgeacha, agus mar thoirm tairneanaich chumhachdaich, ag ràdh, Aleluia: oir a ta an Tighearna Dia uile-chumhachdach a' rioghachadh.

7 Bitheamaid aoibhinn agus deanamaid gairdeachas, agus thugamaid glòir dhasan: oir thainig pòsadh an Uain, agus dh'ulluich a bhean i féin.

8 Agus thugadh dhi gu'm biodh i air a sgeadachadh le lìon-eudach grinn, glan agus dealrach: oir is e an lìon-eudach grinn fireantachd nan naomh.

9 Agus a deir e rium, Sgrìobh, Is beannuichte iadsan a tha air an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain. Agus a deir e rium, Is iad so briathra fìrinneach Dhé.

10 Agus thuit mi sìos aig a chos-aibh chum aoradh dheanamh dha: agus thubhairt e rium, Feuch nach dean thu e: is còmh-sheirbhiseach dhuit féin mise, agus do d' bhràithribh aig am bheil fianuis Iosa: dean aoradh do Dhia; oir is i fianuis Iosa spiorad na fàidheadaireachd.

11 Agus chunnaic mi nèamh air fhosgladh, agus feuch, each geal; agus ghoireadh do'n ti a shuidh air Dileas agus Fìor; agus ann am

fireantachd tha e deanamh breitheanas agus cogaidh.

12 Agus bha a shùilean mar lasair theine, agus air a cheann bha mòran chrùn; agus bha ainm aige sgrìobhta, nach b'athne do neach sam bith ach e féin;

13 Agus bha e air a sgeadachadh le truscan<sup>h</sup> tumta am fuil: agus is e'n t-ainm a ghoirear dheth, FOCAL DE,

14 Agus lean na h-armailtean a bha air nèamh e air eachaibh geala, air an sgeadachadh le lìon-eudach grinn, geal agus glan.

15 Agus a's bheul tha claidheamh geur a' dol a mach, chum gu'm buail-eadh e na cinnich leis: agus riaghlaidh se iad le slait iarunn: agus tha e a' saltradh fìon-amair fraoich feirgei an Dé uile-chumhachdaich.

16 Agus tha aige air a thruscan agus air a leis ainm sgrìobhta, RIGH NAN RIGH, AGUS TIGH-EARNA NAN TIGHEARNA.

17 Agus chunnaic mi aingeal àraidh 'na sheasamh sa' ghréin; agus ghlaodh e le guth àrd, ag ràdh ris an eunlaith uile a bha 'g itealaich ann am meadhon nèimhe, Thigibh, agus cruinnichibh sibh féin chum suipeir an Dé mhòir;

18 Chum gu'n ith sibh feòil rìghre, agus feòil àrd-cheannard, agus feòil dhaoine cumhachdach, agus feòil each agus an muinntir a shuidheas orra, agus feòil nan uile dhaoine, araon shaor agus dhaor, araon bheag agus mhòr.

19 Agus chunnaic mi am fiadh-bheathach, agus rìghrean na talmhainn, agus an armailtean air an cruinneachadh, a dheanamh cogaidh an aghaidh an ti a bha 'na shuidhe air an each, agus an aghaidh armailte-san.

20 Agus glacadh am fiadh-bheathach, agus maille ris-san am fàidh-bréige a rinn mìorbhuilean 'na làthair, leis an do mheall e an droing a ghabh orra comhara an fhiadh-bheathaich, agus iadsan a rinn aoradh d'a dhealbha. Thilgeadh iad sin 'nan dithis beo ann an loch teine a' dearg-lasadh le pronnusc.

b falluing, eudach-uachdair. i feirge ro gharg.)

21 Agus mharbhadh a' chuid eile le claidheamh an ti a bha 'na shuidhe air an each, a thainig a mach as a bheul : agus bha an eunlaith uile air an lionadh le'm feòil.

## C A I B. XX.

2 Satan ceangailte rè mhìle bliadhna.

5 A' cheud aiseirigh : 6 Tha iad beannuicht' aig am bheil cuid dhith.

7 Satan a ris air fhuasgladh. 8 Gog agus Magog. 10 Tha'n Diabhol air a thilgeadh san loch theine agus phronnuisc, 12 An aiseirigh dheireannach agus choitchionn.

**A**GUS chunnaic mi aingeal a' teachd a nuas o nèamh, agus iuchair sluichd an dubh-aigein<sup>1</sup> aige, agus slabhraidh mhòr 'na làimh.

2 Agus rug e air an dragon an t-seann nathair nimhe sin, a's e an diabhol agus Sàtan, agus cheangail se e rè mhìle bliadhna,

3 Agus thilg se e do shlochd an dubh-aigein, agus dhùin e stigh e, agus chuir e seula air, chum nach mealladh e na cinnich tuilleadh, gus an crìochnaich<sup>m</sup> am mìle bliadhna : agus an déigh sin, 's éigin gu fhuasgailear e rè ùine bhig.

4 Agus chunnaic mi rìgh-chaithrich<sup>m</sup>ean, agus shuidh iad orra, agus thugadh breitheanas doibh : agus chunnaic mi anamanna na muinntir d'an do chuireadh an cinn air son fianuis Iosa, agus focail Dé, agus nach d'rinn aoradh do'n fhiadh-bheathach, no d'a dhealbh, agus nach do ghabh a chomhara air clàr an eudain, no air an lànhaibh ; agus bha iad beo, agns rioghaich iad maille ri Crìosd rè mhìle bliadhna.

5 Ach cha d'ath-bheothaich<sup>m</sup>eadh a' chuid eile do na mairbh gus an robh am mìle bliadhna air an crìochnachadh. Is i so a' cheud aiseirigh.

6 Is beannuichte agus is naomha an ti aig am bheil cuid anns a' cheud aiseirigh : orra so cha 'n'eil cumhachd aig an dara bàs ; ach bithidh iad 'nan sagartaibh do Dhia, agus do Chrìosd, agus rioghaichidh iad maille ris mìle bliadhna.

7 Agus an uair a chrìochnaichear

am mìle bliadhna, fhuasgailear Sàtan as a phriosun.

8 Agus théid e mach a mhealladh nan cinneach, a tha ann an ceithir chearnaibh na talmhainn, Gog agus Magog, chum an cruinneachadh gu cath ; muinntir a tha ann an àireamh mar ghaineamh na fairge.

9 Agus chaidh iad suas air leud na talmhainn, agus chuairtich iad camp nan naomh, agus a' chathair ionmhuinn : agus thainig teine nuas o Dhia a nèamh, agus chuir e as doibh.

10 Agus thilgeadh an diabhol a mheall iad, san loch theine agus phronnuisc, far am bheil am fiadh-bheathach, agus am fàidh-bréige, agus bithidh iad air am pianadh a là agus a dh'oidhche, gu saoghal nan saoghal.

11 Agus chunnaic mi rìgh-chaithir mhòr gheal, agus an ti a shuidh oirre, neach a theich nèamh agus talamh o a ghnùis, agus cha d'fhuaradh àite dhoibh.

12 Agus chunnaic mi na mairbh, beag agus mòr, 'nan seasamh am fianuis Dé ; agus dh'fhosgladh na leabhraichean : agus dh'fhosgladh leabhar eile, eadhon leabhar na beatha : agus thugadh breth air na mairbh as na nithibh sin a bha scribedh<sup>a</sup> sna leabhraichibh, a réir an gnìomhara.

13 Agus thug an fhairge uaip<sup>n</sup> na mairbh a bha innte ; agus thug am bàs agus an uaigh<sup>o</sup> uatha na mairbh a bha anna : agus thugadh breth orra gach aon a réir an gnìomhara.

14 Agus thilgeadh am bàs agus ifrinn do'n loch theine : Is e so an dara bàs.

15 Agus ge b'e air bith nach d'fhuaradh scribedh<sup>a</sup> ann an leabhar na beatha, thilgeadh e san loch theine.

## C A I B. XXI.

1 Nèamh nuadh agus talamh nuadh.

10 An Ierusalem nèamhaidh, maille ri làn-mhìneachadh oirre : 23 Cha 'n'eil feum aice air gréin ; is i glòir Dhé a solus. 24 Tha rìghrean na talmhainn a' toirt an saibhris d'a h-ionnsuidh.

**A**GUS chunnaic mi nèamh nuadh, agus talamh nuadh : oir chaidh

1 an t-sluichd gun aigeal. <sup>m</sup> an coimhlìontadh. <sup>n</sup> uaithe. <sup>o</sup> ifrinn.



an ceud nèamh agus an ceud tìlamh thairis; agus cha robh fàirge ann ni's mò.

2 Agus chunnaic mise Eoin a' chaithir naomha, Ierusalem nuadh, a' teachd a nuas o Dhia a nèamh, air a h-ulluchadh mar bhean-bainnse air a sgeadachadh fa chomhair a fir.

3 Agus chuala mi guth mòr a nèamh, ag ràdh, Feuch, *tha* paillium Dhé maille ri daoineibh, agus ni esan còmhnuidh maille riu, agus bithidh iadsan 'nan sluagh aige, agus bithidh Dia féin maille riu, agus 'na Dhia dhoibh.

4 Agus tiormaichidh Dia gach deur o'n sùilibh; agus cha bhi bàs ann ni's mò, no bròn, no éighich<sup>p</sup>, agus cha bhi pian ann ni's mò: oir chaidh na ceud nithe thairis.

5 Agus thubhairt an ti a bha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, Feuch, deanam na h-uile nithe nuadh. Agus thubhairt e rium, Scriobh, oir tha na briathra so fìrinneach agus dìleas.

6 Agus thubhairt e rium, Tha e deanta. Is mise Alpha agus Omega, an toiseach agus an deireadh: bheir mi dhasan air am bheil tart, do thobair uisge na beatha gu saor.

7 Sealbhaichidh an ti a bheir buaidh na h-uile nithe mar oighre, agus bithidh mise a'm' Dhia dhasan, agus bithidh esan 'na mhac dhomhsa.

8 Ach aig an dream sin a ta gealtach, agus mi-chreidmheach, agus gràineil, agus aig luchd mortaidh, agus strìopachais, agus druidheachd, agus ìodhol-aoraidh, agus aig na h-uile bhreugairibh, bithidh an cuibhrionn anns an loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnuse; ni a's e'n dara bàs.

9 Agus thainig a'm' ionnsuidh aon do na seachd aingil, aig an robh na seachd soithichean làn do na seachd plaighibh dèireannach, agus labhair e rium, ag ràdh, Thig an so, nochdaidh mise dhuit a' bhean-nuadh-phosda, bean an Uain.

10 Agus thug e leis mi anns an

spiorad gu beinn mhòir agus àrd, agus dh'fheuch e dhomh a' chathair mhòr<sup>r</sup> sin, Ierusalem naomha, a' teachd a nuas a nèamh o Dhia.

11 Aig an robh glòir Dhé: agus bha a soillse<sup>s</sup> cosmhuil ri cloich ro luachmhoir, mar chloich Iaspis, soilleir mar chriostal;

12 Agus bha balla mòr agus àrd aice, air an robh dà gheata dheug, agus aig na geataibh da aingeal dheug, agus ainmeanna scribedhta orra, eadhon ainmeanna dà thrèibh dheug chloinn Israeil.

13 Air an taobh an ear, trì gheatacha; air an taobh thuath, trì gheatacha; air an taobh deas, trì gheatacha; agus air an taobh an iar, trì gheatacha.

14 Agus bha aig balla na cathrach dà bhunait dheug, agus anntasan ainmeanna dà abstol deug an Uain.

15 Agus bha aig an tì a labhair rium, cuile-shlat òir, chum gu'n tomhaiseadh e a' chathair, agus a geatacha, agus a balla.

16 Agus tha a' chathair 'na luidhe ceithir-chearnach, agus tha a fad co mòr r'a leud: agus thomhais e a' chathair leis a' chuile-shlait, dà mhìle dheug stàide: is ionunn fad, agus leud, agus àirde dhi.

17 Agus thomhais e a balla, ceud agus dà fhichead agus ceithir làmhacoille<sup>t</sup>, a réir tomhais duine, eadhon, an aingil.

18 Agus bha a balla air a thogail do chloich iaspis; agus b'òr fìorghlan a' chathair<sup>u</sup>, cosmhuil ri gloin shoilleir<sup>a</sup>.

19 Agus bha bunaitean<sup>b</sup> balla na cathrach air an deanamh sgiamhach leis gach uile ghnè chlocha luachmhor. Bu iaspis an ceud bhunait; bu shaphir, an dara; bu chalcedon, an treas; b'emerald, an ceathramh bunait;

20 Bu shardonies, an cùigeadh; bu shardius, an seathadh; bu chrisolit, an seachdamh; bu bheril, an t-ochdamh; bu topas, an naothadh; bu chrisoprasus, an deicheamh; bu

<sup>p</sup> glaothaich. <sup>r</sup> am baile mòr. <sup>s</sup> solus, dealradh. <sup>t</sup> bann-lamha,  
<sup>u</sup> am baile. <sup>a</sup> trid-shoillseach, tre'n dealtraich an solus. <sup>b</sup> buinn,  
bunachuir.

hiacint, an t-aon deug; b' ametist, an dara bunait deug.

21 Agus bu dà neamhnuid deug an dà gheata-dheug; bha gach aon fa leth do na geataibh air a dheanamh do aon neamhnuid: agus b'òr fhìorghlan sràid na cathrach, mar ghloin shoilleir.

22 Agus cha'n fhaca mi teampull innte: oir is e'n Tighearna Dia uile-chumhachdach, agus an t-Uan a's teampull di.

23 Agus cha 'n'eil feum aig a' chathair air a' ghréin, no air a' ghealaich a dhealrachadh innte: oir shoillsich glòir Dhé i, agus is e an t-Uan a's solus di.

24 Agus gluaisidh cinnich na muinntir sin a shlaorar 'na solus: agus bheir rìghre na talmhainn an glòir agus an urram d'a h-ionnsuidh.

25 Agus cha dùinear a geatacha san là: oir cha bhi oidhche an sin.

26 Agus bheirear glòir agus urram nan cinneach d'a h-ionnsuidh.

27 Agus cha d'théid air chor sam bith a steach innte ni air bith a shalaicheas, no a dh'oibricheas gràin-eileachd, no a ni breug: ach iadsan a mhàin a tha scriobhta ann an leabhar beatha an Uain.

## C A I B. XXII.

1 Amhuinn uisge na beatha, 2 craobh na beatha. 5 'Se Dia féin solus na cathrach. 9 Cha'n fhulaing an t-aingéal aoradh a dheanamh dha, 18 Cha'n fheadar ni sam bith chur ri focal Dé, no theirt uaith.

**A**GUS dh'fheuch e dhomh amhuinn fhìor-ghlan do uisge na beatha, soilleir mar chrìostal, a' teachd a mach a rìgh-chaithir Dhé, agus an Uain.

2 Ann am meadhon sràide na cathrach, agus air gach taobh do'n amhuinn, bha craobh na beatha, a' giùlan dà ghnè dheug thoraidh, agus a' toirt a toraidh uaipe gach uile mhìos; agus bha duilleadh na craoibhe chum leighis nan cinn-each.

3 Agus cha bhi mallachd air bith ann ni's mò: ach bithidh rìgh-chaithir Dhé agus an Uain innte agus ni a sheirbhisich seirbhis da.

4 Agus chi iad aghaidh; agus bithidh ainmsan air clàr an eudain.

5 Agus cha bhi oidhche an sin, agus cha 'n'eil feum aca air coinnill, no air solus na gréine; oir bheir an Tighearna Dia solus doibh: agus rioghaichidh iad gu saoghal nan saoghal.

6 Agus thubhairt e rium, Tha na briathra so dùileas agus fìrinneach. Agus chuir an Tighearna, Dia nam fàidh naomha, aingeal féin a nochdadh d'a sheirbhisich na nithe sin a's éigin tachairt gu h-aithghearr.

7 Feuch, thigeam gu luath: is beannuicht' an ti a choimhideas briathra fàidheadaireachd an leabhair so.

8 Agus chunnaic mise Eoin na nithe so, agus chuala mi iad: agus an uair a chuala agus a chunnaic mi iad, thuit mi sìos a' deanamh aoraidh roimh chosaibh an aingil, a nochd na nithe so dhomh.

9 An sin a deir e rium, Feuch, nach dean thu e: oir is comh-sheirbhisich dhuit mise, agus do d' bhràithribh na fàidhean, agus dhoibhsan a choimhideas briathran an leabhair so: dean aoradh do Dhia.

10 Agus a deir e rium, Na seulaich focail fàidheadaireachd an leabhair so: oir tha an t-àm am fagus.

11 An ti a ni eucoir, deanadh e eucoir a ghnàth: agus an ti a tha salach, biodh e salach a ghnàth: agus an ti a tha 'na fhìrean, biodh e 'na fhìrean a ghnàth: agus an ti a tha naomha, biodh e naomha a ghnàth.

12 Agus feuch, thigeam gu h-aithghearr; agus a ta mo luach-saoithreach maille rium, a thabhairt do gach aon fa leth a réir mar a bhith-eas a ghnìomhara.

13 Is mise Alpha agus Omega, an toiseach agus a' chrìoch, an ceud neach agus an neach deireannach.

14 Is beannuichte iadsan a ni àitheanta-san, chum gu'm bi còir aca air craoibh na beatha, agus gu'n d'théid iad a stigh tre na geataibh do'n chathair.

15 Oir an taobh a muigh tha madraidh, agus luchd-druidheachd, agus luchd-strìopachais, agus luchd-mortaidh, agus luchd-iodhol aoraidh,



agus gach neach a ghràdhaicheas agus a ni breug.

16 Chuir mise Iosa m'ingeal a dheanamh fianuis duibhse air na nithibh so anns na h-eaglaisibh. Is mise freumh agus gineal Dhaibhidh, an reult dhealrach agus mhaidne.

17 Agus a deir an Spiorad agus a bhean nuadh-phòsda, Thig. Agus abradh an ti a chluinneas, Thig. Agus thigeadh an neach air am bheil tart. Agus ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor.

18 Oir tha mi deanamh fianuis do gach uile neach a chluinneas briathra

fàidheadaireachd an leabhair so, Ma chuireas neach air bith ris na nithibh so, cuiridh Dia airsan na plàighean a tha scrìobhta anns an leabhar so :

19 Agus ma bheir neach air bith o bhriathraibh leabhair na fàidheadaireachd so, bheir Dia a chuibhrionn-san a leabhar na beatha, agus as a' chathair naomha, agus as an nithibh a tha scrìobhta anns an leabhar so.

20 A deir an ti a tha toirt fianuis air na nithibh so, Gu deimhin ataim a' teachd an aithghearr. Amen. Seadh, thig, a Thighearna Iosa.

21 Gràs ar Tighearna Iosa Crìosd gu robh maille ribh uile. Amen.

## C R I O C H.

*Clò-bhuailte le T. Stiubhart.*





